

[TD 1]

[Vol. 12. No. 1. p. 1]

MAC-TALLA.

“An ni nach cluinn mi an diugh cha ’n aithris mi maireach.”

VOL. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, IULaidh 10, 1903. No. 1.

LITIR A TIR NAM BEANN.

'FHIR MO CHRIDE:—Tha mi a' faighinn paipear-naigheachd no dha leis a h-uile posta, ach 's e MAC-TALLA—an latha 'thig e—a' cheud fhear a tha mi daonnan a' fosgladh. Cha 'n ann a sodal riut a tha mi, ach, gu fìrinneach, a 's snasail a tha e air uidheamachadh agad bho àm gu àm. 'S mór am mì-chliu do Ghàidheal 'sam bith gun a bhi 'g a cheannach agus 'g a leughadh. Leis an riaghailt ùir cha chosd a phostachd aige fàrdain, agus tha e cho furasda do 'n fhear a tha 'n còmhnuidh ann an Eilean Leoghais a cheannach agus a tha e dhasan a tha taobh na h-ursainn agad ann an Ceap Breatunn.

'S gnothach glé iongantach a th' ann gum faigh sinne 'bhos 'an so paipearan-naigheachd Chanada a dh' ionnsuidh an doruis againn gun phostachd 'sam bith a phàigheadh agus nach faigh sinn ar cuid phaipearan fhéin a chur leth-mhìle dh' astar gun bhonn-a-sea a chur a' mach air son gach fear. Co dhiubh a ni no nach dean Mr. Chamberlain feum dhuinne tha e 'cur roimhe feum a dheanamh dhuibhse 'am bog no 'n cruaidh. B' fhearr leam gum biodh e 'n a mheadhoin air paipearan Dhunéideann agus Ghlaschu a leigeil troimh 'n phosta thugainn an nasgaidh cho math ri paipearan Chanada. Ach, nach fhada bho 'n a thug thu fa' near am fear a bhiodh mór a' muigh gum biodh e glé bheag a' stigh?

Mu 'm bi an litir so ach gann ann an clòdh-m' a bhios i 'm feasd ann -bi'dh Tir nam Beann dearr-lan de shealgairean, deas gu tòiseachadh air marbhadh chearcan-fraoich agus gach ian eile a 's fhiach a chur ann am poit. 'Nuair a dh' fhàsas iad sgìth de na h-eoin bi'dh an ùine 'suas air son a bhi 'm bad nam fiadh. Tha na frithean fhiadh air fàs anabarrach lìonmhor bho cheann deich no coig-bliadhna-deug air ais. A réir an iomraidh a's cinntiche a ghabhas faotainn tha ceud-gu-leth dhiubh ann an Albainn, agus tha iad a' toirt a' suas mu 'n cuairt air da mhuilleann-gu-leth acair gruinn. Tha na h-uachdarain a' pòcachadh ann am màil air an tailleamh dlùth air seachd-fichead mìle punnd Sasunnach. Cha' n' eil sluagh na Gàidhealtachd a' gabhail orra gum bheil iad beo ged a tha iad a' faicinn na dùthcha aca a' dol gu bras fo fhéidh. 'S e mo bheachdsa gum bheil iad a' nochdadh gliocais ann a bhi ceadachadh nam frithean móra so 'bhi air an cur 'suas gun oidhirp 'sam bith a thoirt air am bacadh. B' fhearr leam gum b' e am maireach an latha 'bhiodh a h-uile òirleach de thalamh eadar Maol Chinntìre agus an Rudha Garbh air a toirt a' suas do shealg-ach, a mhàin, na criomagau a tha 'n seilbh nan croitearan. Innsidh mi dhuit na reusain a th' agam air

son a bhi 'g altrum a' bheachd so.

B' iad na caoirich agus cha b' iad na féidh a b' aobhar air na Gàidheil a bhi air am fogradh air falbh do dhùthchanna céin, bho cheann tri-fichead bliadhna air ais. Tha daoine glé theoma air so a dhì-chuimhneachadh; agus cluinnidh sinn feadhainn a tha gu math eolach air eachdraidh na Gàidhealtachd a' labhairt mar gum biodh na féidh cho ciontach ris na caoirich anns an nì so. 'S i a chaora agus a' chaora 'mhàin a chuir an soc as an talamh ann an tìr an fhraoich. Tha latha dìoghaltais a' nis air tighinn air a' chaora-thuit a luach 's cha 'n urrainn tuathanaich màil mhóra 'phàigheadh. Feumaidh i, uime sin, falbh agus àite 'reiteach do 'n fhiadh, 'chionn, tha miadh gu leoir airsan. Ach, an latha 'dh' eireas Clanna nan Gàidheal a rithisd 'nan neart gu fearann na Gàidhealtachd a thagradh dhaibh fhéin, bi'dh e na 's usa na féidh a bhàirlinneachadh no 'bhiodh e na caoirich. Agus, 'de am mùthadh a th' ann do 'n chroitear bhochd co dhiubh a 's féidh no caoirich a th' air an raon ud thall cho fhad 's nach 'eil còir no dlighe aige-san no aig a sheors' air.

Tha dòchas agam nach do chuir mi gruaim air an Urramach Iain Mac Ruairidh timchioll air "'us" agus "is," 'chionn b' fhada bh' uam sin a dheanamh. Ged a dh' atharraicheadh e a h-uile "'us" a sgrìobh mi riamh gu "is" cha b' urrainn mi gun mheas mór a bhi agam air agus spéis a bhi agam dheth. Leugh mi barrachd d' a chuid Gàidhlig 's a leugh mi do chuid duine tha beo-agus, c' arson? Dìreach a cheann gun robh a chainnt agus obair a' taitinn rium. 'S iomadh tacan glé thoilichte 'chuir mi seachad a' cnuasachd nan sgrìobhaidhnean aige, agus ged a shìneadh e orm le maide cha dì-chuimhnich mi an t-seirbhis chiatach a rinn e 's a tha e fhathas a' deanamh do litreachas na seann chàin. Cha 'n' eil eolas agamsa gu pearsanta air Mr. Mac Ruairidh; ach, cha bu toigh leam gum biodh amharus aige gum bithinn-sa, no fear fada 'b' fhearr no mi, cho ladurna agus tòiseachadh air seoladh dha ciamar a's còir Gàidhlig a sgrìobhadh. Bu chian bho m' inntinn a leithid sin do oidhirp gun chiall a thoirt—"ionnsachadh cailliche air a càrdaibh!" Aig a' cheart àm, saoilidh mi nach 'eil e ra fhreagarrach do fhear-deasaiche 'sam bith atharrachadh a dheanamh gun chead air sgrìobhadh a chuirear thuige, 'nuair a chì e gum bheil an sgrìobhaiche a leantuinn riaghailt shonruichte air chor-eiginn. Tha mi 'cluinntinn gum bheil an t-Ollamh. D. Mac Fhionghain, 'an Dun-éideann, a' tagradh air son aon riaghailt do gach neach agus aon riaghailt gu bràth ann an litreachadh na Gàidhlig. Tha a h-uile Gàidheal air an t-saoghal a' tagradh an nì ceudna, ach cha'n ann leis an laimh làidir a tha e ri bhi air a thoirt mu'n cuairt. Cha mhór dhaoine 'bhios deonach air peann a chur air paipear m' a bhios fear no dithis a' feitheamh le cailc ghuirm gu breacan an Fhreiceadain Duibh a dheanamh de na sgrìobhas iad. Bhiodh e glé shearbh do na bàird nam feumadh iad, oil air mhaith leo, géill a thoirt do 'n àithne ùir nach 'eil da leth ri bhi air a dheanamh air "agus" uair 'sam bith. Tha iadsan gu tric a deanamh, cha 'n e a mhàin da leth, ach ceithir leithead air, oir, chunna mi uair 'us uair nach fàgadh iad an làthair dheth ach an "s"! Thigeadh e dhuinn a thoirt fa' near gum bheil an gràmar air a dheanamh air son an duine agus nach e idir an duine air son a' ghràmair.

Cluinnidh tu bh' uam a rithisd gun dàil.

Do charaid dìleas,
AONGHAS MAC EANRUIG.
20mh de 'n Og-mhios, 1903.

An t-Side 's a' Ghaidhealtachd.

<eng>(Oban Times).<gai>

Tha iomadh bliadhna o nach d' fhiosraich an dùthaich a leithid a dh' fhuachd agus de dh' uisge anns an ògmhios agus a tha air fhaireachdainn anns na h-eileanan so an diugh. Cha'n 'eil Albainn cho dona dhe agus a tha cuid de Shasuinn. Tha e air innseadh nach 'eil ubhal no gròiseid ri 'm faotainn ann an gàraidhean 'san taobh deas; agus tha cuid de na tuathanaich bho chd aig am bheil call mòr. Ach air dòigh eile tha e air a radh gu bheil soirbheachadh anns an dùthaich a thaobh feòir agus cruithneachd. Ann an cearnan sònruichte thainig tuil fhiadhaich a sgaoil thairis air faichean farsuinn; agus an sud agus an so thainig tairneanaich is dealanaich a dh' aobharaich bàs no dhà.

Tha Bòrd na Sgoile ann an siorrachd Victoria a' cur mu dheidhinn cuid de na sgìreachdan beaga a chur ri chèile a chum 's gu 'm bi iad na 's comasaiche air sgoil a chumail suas. Tha sin na 'cheum air an t-slighe cheart. Bha na sgoilean ann an iomadh cearna dhe 'n dùthaich air an tur mhilleadh le bhi deanamh nan sgìreachdan tuilleadh is beag. Dh' fheumadh tigh-sgoile bhi aig ceann gach rathaid air-neo cha bhiodh cùisean ceart. Is briagha an ni na tighean-sgoile bhi dlùth air a chèile-tha iad taitneach do'n t-sùil, agus tha e furasda do'n chloinn an ruigheachd-ach b' fhearr gu mor an cumail na b' fhaide o chèile agus deagh sgoil a bhi anns gach aon dhiu.

Tha e gle shoilleir nach dùthaich shaighdearan Canada. Anns an dùthaich bheag Eòrpach ris an canar Serbia, agus anns nach eil ach mu leith uiread sluaigh 's a tha ann an Canada, thatar a cumail suas armailt anns am bheil ochd fichead is deich mìle (170,000) saighdear. Ann an Canada gu h-iomlan cha 'n eil againn ach da fhichead mìle saighdear, agus cha'n eil ach mu mhìle dhiù sin a tha ri cleasachd-airm thar deich no dusan là dhe gach bliadhna.

Tha sinn uile air fàs cleachdte ri bhi cluinntinn dhaoine 'cur sios air an <egn>Scott Act.<gai> Cha 'n 'eil cron no cionta th' air aobharachadh leis an òl nach càirear air mullach-cinn an lagha sin. Tha sinn air fàs cho cleachdte ris 's nach eil sinn a' gabhail iongantais eadhon nuair a thig a' chasaid chearbach á beul aon de bhreitheamhna na cùirte moire-cho

[TD 2]

[Vol. 12. No. 1. p. 2]

cleachdte 's nach b' iongantach leinn ged a thòisicheadh an dream cheudna ri coire gach uilc is peacaidh a th' anns an t-saoghal a chur air na deich àitheantan.

An uair a bhios daoine deònach labhairt a reir reusain, aidichidh iad nach aon lagh no lagh eile a bheir cùisean gu bhi na's fhearr no na's miosa na tha iad. Tha laghannan matha ann agus laghannan nach eil cho math; ach cha'n eil feum anns an lagh a's fhearr a rinneadh riamh mur teid obrachadh. Anns na Stàidean a deas tha laghannan aca an aghaidh moirt is marbhaidh; ach cha'n eil sin ga 'n cumail o bhi 'crochadh 's a' losgadh nan daoine dubha. Am bheil e duilich a ràdh co aige tha choire, aig an lagh no aig an t-sluagh a tha air chùl an lagha? 'S fhada mu bheil. Tha an lagh ceart gu leòr, ach feumaidh daoine beò, làidir seasmhach a bhi ri chùl. Ach a reir mar a labhras cuid de dhaoine tha dùil aca gur còir d' an lagh obrachadh leis fein, mar gu 'm bu bhith beò e, gun chuideachadh iarraidh no fhaighinn o dhaoine,—agus cha'n e mhàin a bhi beò, ach a bhi mar leóghann beucach ag imeachd mu'n cuairt feuch có dh'fhaodas e shlugadh.

Anns an <eng>Railway Bill<gai> a tha tarruinn na h-uiread de dh'ùine na h-àrd-phàrlamaid, bha riaghailt a' cur mar fhiachaibh air cuideachdan nan rathad-iaruinn "cluairin (no glògain) is luibhean cronail eile" a chumail o bhi fàs timchioll an rathaid. Nuair thainig a' chuid sin de'n bhìll fa chomhair an tighe, dh'éirich an t-Onarach Uilleam Ros, agus chuir e gu làidir an aghaidh achd pàrlamaid a bhi 'g radh gu'm bu luibh chronail an cluaran, suaicheantas na h-Alba. Chunnaic càch, mar dhaoine tuigseach, gu'm bu reusonta 'n tagradh a rinn e, agus bha 'n cluaran air a thoirt bhar àireamh nan luibhean cronail gun dàil.

Naidheachdan.

Tha eadar leth-cheud is tri fichead de na Sineich ann am baile Ghlace Bay, agus tha grannan math dhiu ann an Sidni. Tha iad na'n daoine modhail, sìobhalta, nach cuir dragh air duin' eile, 's nach eil aig àm sam bith ri 'm faicinn fa chomhair luchd-ceartais.

Thatar an deigh isleachadh math a thoirt air an uisge ann am mèinn an Dominion No 1. An ceann seachduin no dha bidh dùil aca tòiseachadh ri obair ann an aon taobh dhi. Bidh sin gu math na's tràithe na bhatar an dùil nuair a thòisicheadh air leigeil an uisg' innte.

Bha pacaid airgid air a call aig cala 'n rathaid-iaruinn am Port Morien o chionn còrr is mios. Tha i gun fhaotainn fhathast; cha d' fhuair eadhon duine air am faodar deagh amharus a leagail. Bha

\$175.00 anns a phacaid, a bhatar ga 'cur gu Banca Mhontreal, an Glace Bay.

Bha àireamh na'n laidhe tinn leis a' bhric ann an Sydney Mines ré an da sheachduin a chaidh seachad. Cha robh gin dhiu gle dhona, agus tha iad uile 'dol am feobhas roimhe so. A dh' aindeoin gach dìchill a rinn riaghladh a' bhaile air an easlaint a chumail bhar an crìochan fhuair i stigh. Ach tha iad a' gabhail gach curaim a's urrainn iad gus a cumail gun sgaoileadh.

Tha an Scotia, an soitheach-smùide a fhuair a' fhuair an uiridh air son an aiseig air Caolas Chanso, a nise deanamh a h-obair gu math. An toiseach cha robh i a' deanamh ro-mhath, ach 's e bu choireach ri sin nach robh cala air gach taobh a bha freagarrach dhi. O chionn àireamh mhios air ais cha'n eil coire sam bith ri fhaotainn dhi; tha na càrachan air an giulain thairis oirre, agus cha leig an luchd-turuis a leas carachadh asda. Tha so na 'dheisealachd mor, agus tha 'n turus eadar an t-eilein is tir-mor air a dheanamh gu math na's toilichte na bha e ri linn na Mulgrave.

Chaidh pàisde nighinn a mharbhadh le càr-sràide anns a bhaile so seachduin gus an dé. Bhuineadh i do Iain Mac-Leoid air sraid Townsend, agus cha robh i ach ceithir bliadhna dh' aois. Dh' fheuch i ri ruith tarsuinn an t-sràid air beulaobh a' chàr, agus cha robh an comas a' chonductor an càr a stad an àm gus ise shàbhaladh. B' e so a' cheud sgiorradh a thachair timchioll nan càrachan o'n thòisich iad ri ruith anns a bhaile so.

La na Sàbaid a bha Ard-Sheanadh na h-Eaglais Chleirich cruinn ann a Vancouver, B. C., bha seirbhis Ghàilig air a cumail aig cairteal an deigh da uair. Bha an t-Urr. Alasdair Ros, ministear Hogamah, air a ceann, agus rinn e searmon fileanta agus drùighteach a chòrd gu ro-mhath ris an àireamh mhor Ghàidheal a bha ga 'eisdeachd. Bha fonn nan salm air a thogail anns an t-seann dòigh le fear Eachann Mac-Coinnich, a tha na bhall de'n eaglais anns an robh an t-seirbhis air a cumail.

Bha aireamh mhor de chiontaich fa chomhair na cùirte moire ann an Sidni aig an t-suidhe a chriochnaich air an t-seachdamh la fichead de Iun. Di-luain an deigh sin bha deichnear dhaoin' òga air an giùlan air falbh do'n tigh-obrach an Dorchester, an aireamh bu mhò a chuireadh air falbh riamh aig aon àm as an t-siorrachd so. Tha iad ri bhi anns an ionad-pheanasachaidh sin o dha bhliadhna gu coig bliadhna a reir an cionta. Bha mu dheich duine fichead air a chur do Dhorchester as an t-siorrachd so an taobh a stigh de'n bhliadhna, agus bha a mhor chuid de na ciontan air-son an deach an cur ann air an aobharachadh leis an òl.

Air an la mu dheireadh de dh' April 'sa chaidh dh' ionndraineadh fear Abel Johnson, Suaineach a bha 'g obair aig an obair-iaruinn. Bha caochladh bharailean aig daoine dha thaobh, cuid a smaoineachadh gu'n deach a mhurt, 's cuid gu'n deach a bhàthadh. Seachduin gus an Di-màirt s'a chaidh, tri mìosan an deigh a bhàis, fhuair a chorp anns an uisge faisg air <eng>Whitney Pier.<gai> Bha an fheòil air

cnàmh dheth aodann 's dheth làmhan, ach chaidh aithneachadh air 'aodach 's air nithean a bha na 'phòcaidean. Bha leth-cheud dolair de dh' airgiod air a chorp, agus tha sin a' dearbhadh nach robh làmh aig duin' eile na 'bheatha. Am feasgar a chunnacas e mu dheireadh, bha e 'g òl, agus bhatar a nise deanamh mach gu'n do thuit e far a' cheidhe, 's gu robh a chorp an sàs air a ghrund gus an deach fhuasgladh le iomairt nan soithichean smùide.

A' Ceannach a' Chorain.

Tha e air a thoirmeasg do na Mahometanaich an Córan a reic, ach tha iad fhein ga 'dheanamh furasda gu leòr faighinn thairis air an toirmeasg sin. Neach nach eil de'n creideamh aig am bheil toil an leabhar naomh a cheannach, faodadh e fhaighiun air an dòigh a leanas:

Theid e stigh do bhùth leabhraichean, agus an deigh dha am marsanta fhailteachadh, their e ris, "Bidh mi fo chomain siorruidh dhut ma bheir thu dhomh Córan."

"On tha mi am fhior chreidmheach," freagraidh am marsanta, "tha mi meas mar dhleasanas orm cuideachadh le mi-chreidmheach sam bith aig am bheil toil e-fein oileineachadh na'r lagh. Agus ghabhainn air do choltas-sa nach b' ann air-son diomhanais sam bith a bhiodh tu 'g iarraidh a' Chórain, ach a chionn fìor thoil a bhi agad ar creideamh ionnsachadh. Air an aobhar sin tha mi toileach an Córan so a thoirt dhut, ged tha mi cur luach mor air, oir phàidh mi deagh phrìs air."

Cuiridh am fear a tha ceannach an leabhar na phòcaid, agus an ceann tacain their am marsanta ris, "Bidh mise gu bràth na d' chomainsa ma bheir thu dhomh"—ag ainmeachadh suim àraidh. Ma shaoileas am fear a tha 'ceannach gu bheil an t-suim sin ro mhor, faodaidh e suim a's lugha thairgse, ach cha'n fhaod e air chor sam bith iomradh a thoirt air a Chóran, no idir idir ainmeachadh. Tha am marsanta an deigh lagh a' Chórain fhein a bhristeadh, agus cha bhiodh e ro ghlic d' an fhear eil sin a chur na 'chuimhne.

COLLA CIOTACH MAC GHILLEASBUIG.*

LEIS AN OLLA MAC FHIONGHAIN AN DUNEIDEANN.

(Air a leantuinn).

Ré nam bliadhnachan 1606 gu 1615 an uair a bha na Domhnallaich, le cuideachadh chàirdean, a' stri r'an greim a ghleidheadh air Ile cha robh aon 'n am measg a dhearbhadh e fhéin cho gleusta 's cho tèma ri Colla. Bha an duine, gu nàdurra, foghainteach, misneachail, seòlta; 's cha do chuir a choguis riamh a bheag de dhragh air. Cha'n fhairicheadh a cholunn no inntinn sgìos no taise. Bu choingeis leis muir is tìr. Bha e cho tèma leis a' ghunna 's a bha e leis a' chlàidheamh. Bha a theanga cho geur r' a lainn. B' e Caisteal Dhùn-naomhaig an t-aon daingneach air taobh deas Ile, ach neartaich na

Domhnallaich Eilean Locha Guirm, sean daingneach Chloinn 'Illeathain. Thugadh Dùn-naomhaig thairis do Easbuig Knox 's a' bhliadhna 1609—bha dùil aig Rìgh Seumas gu'n deanadh e fhéin 's an t-Easbuig nithe mòra 's na h-Eileanan mu'n àm so. Ach ann am fìor-bheagan ùine bha na Domhnallaich 's an Dùn air an ais, agus air aon doigh no doigh eile ghleidh iad e fad dhà no thri de bhliadhnachan. Ach thainig cùisean gu ceann s a' bhliadhna 1614. Fhuair Tighearna Chaladair còir air Ile mu dheireadh, agus chuir an rìgh loingear is feachd gu Dùn-naomhaig. B'e 'n geamhradh a bh' ann, 's cha b' ann gun dragh 's gun chunnart a bheirteadh long chogaidh gus a' chladach chreagach sin, no a chuirteadh gunnacha—mora is saighdearan air tìr. Rinn an Comandair Lambert na dh' fhaodadh e gu toirt air na Domhnallaich géilleadh, agus mu dheireadh thainig Aonghus òg Domhnallach, bean Cholla, is feadhainn eile, fo làimh a' Chomandair. Cha robh moran toinnisg an ceann Aonghuis Oig, ma's fhìor Lambert, ach mar a chuireadh Colla ann. Fhuair Colla as. Theich e fhéin 's a chuid daoine 'n am birlinn, 's rinn iad an cuan dheth, ged a bha na peilearan a' feadalaich mu'n cluasan. Thug iad gu tìr mu choig mìle o'n Dùn; bhris iad am bàta, agus sgaoil iad gach leth 's gach taobh. "Daoine comasach," sgrìobh Lambert, "a ni sgath fhathast mu'm beirear orra." B' fhìor dha. Thachair so 's an Fhaoilleach, 1615.

Thug Colla Eirinn air, ach cha b' ann 'na thàmh a bha e. Ann am beagan ùine ghlac e Dùn-naomhaig air ais. Thug e cuairt feadh nan Eileanan 's an earrach so, agus tha cunntas againn air a dhoighean o litir a sgrìobh Ruaraidh Mòr Dhunbheagain gu Lord Binning agus o chòmhdach fear Williamson, Eirionnach a ghlac Colla 's a ghleidh e gun taing 'n a sheirbhis fad deich seachduinean. Is gann a dh' fhàg e Eilean eadar Reachrainn is Irt anns nach do thadhail e,—Ile, Colasa, Muile, Cana, Uidhist, Irt, is I-Chalum-Chille. Thug muinntir Uidhist làn dha fhéin 's da chuid daoine, agus da Philot gu dol a dh' Irt. Chreach e Irt gu buileach. Thadhail e aig Eilean Bhoraraidh [Burribaugh] dlùth air Irt, is chòrd a' chreag ris gu gasda. Dheanadh i daingneach ro dhiongmhalta dha 'n a fheum. Cheannaich e fùdar is luaidhe an I-Chalum-Chille. Ghlac e air a chuairt bàta-iasgaich Eirionnach lan sìl, agus soitheach a bhuineadh do Ghlascho a bha luchdaichte le salann, fìon, beoir is uisge-beatha.

Mu 'n gann a bha Colla air ais o'n chuairt so fhuair Sir Seumas Domhnallach comas teicheadh á caisteal Dhùnéideann, agus ann an uine ghoirid bha e le a chàirdean ann an Eilean Eige, Colla le moran furain is gairdeachais air an ceann. Sheòl

* Leughadh am paipeir so do Chomunn na Gàidhlig an Lunnainn air an aona-la-fichead de'n Chéitein, 1903.

[TD 3]

[Vol. 12. No. 1. p. 3]

iad mu dheas, agus mu'n do ràinig iad Ile bha àireamh mhòr sluaigh

leo. Rinneadh am beatha an Ile gu suilbhearra, 's bha fir Chinntìre deas gu éirigh leo. Bha an t-oighre dligheach 'nam measg aon uair eile, 's b'e rùn is dòchas nam Ileach gu'm biodh cùisean a rithist mar bha iad o shean-Ile fo na Domhnallaich. 'S e Mac Cailein a chuireadh a cheannsachadh na ceannairc so. Bha Caisteal Dhùn-naomhaig is daingneach Locha Guirm fo chomannda Cholla. Bhuadhaich Mac Cailein. Fhuair Sir Seumas, le beagan da chàirdean, comas teicheadh do dh' Eirinn. Sheòl iad á Port-na-h-aimhne ri oidhche ghealaich an deireadh an fhoghair, 1615. Goirid 'na dhéigh sin chaidh Sir Seumas thairis do'n Spàinn. An ceann bhliadhnachan fhuair e maitheanas, is cead tilleadh do Shasunn. Ach cha'n fhaca Ile riamh tuilleadh e. Chaochail e ann an Sasunn, 'na dhuine bochd, falamh; gun oighreachd, gun oighre. Thainig riaghladh nan Domhnallach an Ile, far an robh an teaghlach 'n am beachd féin agus a réir coslais le firinn, an ùghdarras os cionn mìle bliadhna, gu crìch mu dheireadh. Bha Ile fo chasan nan Caimbeulach, daoine mu'n d' thuirt Sir Seumas ann an searbhadas anma "gu'm b'e am miann riamh a bhi 'g iasgach ann an uisge salach."

Chuir Iarla Earraghàidheal roinn de na reubalaich gu bàs mu'n d' fhàg e Ile, ach, cùis glé iongantach, cha robh Colla de'n àireamh. Theàruinn Mac Cailein an aon duine a bu chomasaiche 's a bu chiontaiche de na ceannaircich air an d' fhuair e greim, ach c'ar son? A reir a chunntais fhéin, thug e maitheanas do Cholla air chùmhanta gu'n liobhradh e an dà dhaingneach a bha fo òrdugh, agus gu'n cuidicheadh e le Mac Cailein na reubalaich a bha fhathast mu sgaoil air feadh Ile a ghlacadh. Rinn Colla so gu toileach. Dh' fhosgail e dorsan Dhùn-naomhaig is Eilein Locha Guirm do'n Iarla, 's chaidh e mach gu dealasach a shealg cheannairceach. Ann an ùine ghoirid ghlac e Mac-a-Phì Cholasa 's àireamh de dhaoine inbheach eile, 's thug e thairis iad 'n am prìosanaich. Chuir Mac Cailein cuid duibh so gu bàs, ach thug e Mac-a-Phì is naoinear no deichnear eile 'n am prìosanaich do Dhuneideann, gu bhi fo mheachainn an lagha. Ghleidheadh Mac-a-Phì ùine an Dùnéideann, ach fhuair e as le 'bheatha is thill e dhachaidh do Cholasa.

Bha Colla an Colasa roimhe, agus thoisich a nis strì eadar Colla 's Mac-a-Phì air son na làimhe-an-uachdar 's an Eilean so. Cha robh còir laghail aig a h-aon diubh air. Bha Clann-a-Phì an seilbh fo na Domhnallaich 's fo'n Chrùn a nis ceudan bliadhna. Thuit còir nan Domhnallach air Colasa nuair a chaill iad fearainn Ile 's Chinntìre. Agus b'e Colla an t-aon mu dheireadh a gheibheadh còir ùr. Thug Mac Cailein a bheatha dha, ach cha'n 'eil iomradh gu'n d' fhuair e maitheanas o'n chrùn. 'S a bhliadhna 1719 fhuair e barantas-sithe gu dol do Dhùnéideann 's air ais, air iarrtas féin, 's an déigh dha gealltainn gu'm biodh e o so suas 'na iochdaran umhal, dileas do'n chrùn. Cha'n 'eil cunntas mion againn mu chomhrag Cholla 's Mhic-a-Phì an Colasa. Cha'n 'eil an t-Eilean ach beag, 's cha saoilleadh duine gu'n leanadh an strì fada. Ach mhair i a réir coslais seachd no ochd de bhliadhnachan. Bha gun teagamh càirdean Mhic-a-Phì lionmhor, ach bu nàmhaid cunnartach, comasach Colla. Bha comhnuidh Mhic-a-Phì o shean an Dun-éibhinn, 's e Tighearna Dhùn-éibhinn a thiodal air leac-lighe Mhic Iain an I-Chalum-Chille. Rinn Colla a dhachaidh ann an Sabhal bàn Chill-oran. Bha seann Abaid an Eilein a

nis 'na làraich, ach bha Sabhal na h-Abaide fhathast 'n a sheasamh, agus is ann 's an tigh so a rugadh Alastair Mac Colla. Bha an dà thigh mar dhà mhìle d'a chéile. Fada, goirid 's a mhair a chomhstri, thainig i gu crìch fhuiltich. Shumanadh Colla Ciotach, Gilleasbuig a mhac, agus ceathrar sheirbhiseach do Dhùnéideann 's an Og-mhios 1723, a fhreagairt air son mort Chaluim Mhic-a-Phì Cholasa, Dhomhnaill Oig Mhic-a-Phì, Dhughail Mhic-a-Phì, Iain Mhic Cuair, agus Iobhair Bhain, 's an Fhaoilleach roimhe sin. B' iad an luchd-casaid-Mairi Dhomhnallach, bantrach Mhic-a-Phì, Domhnall òg, a mhac, Catriona, Anna, agus Fionnghuala, a nigheanan, agus Murachadh Mac-a-Phì, an Ile, brathair Dhomhnaill Oig is Dhughail a chaidh a mharbhadh agus an caraaid a bu dìlse do Iain Mac Cuair 's do Iobhar Bàn. Cha ruigear leas a radh nach do sheas Colla a' chùirt. Tha seanachas air sealg Mhic-a-Phì car sùibhlach an Colasa fhathast. Tha iomadh uamha is beul-fo-fhraoch is sglift-chreige 's an Eilean anns an d' fhalaich iomadh aon e fhein 'nuair a bha an tòir gu dian 'na dhéigh. Ma's fhior seanachas Cholasa bha Brus fhéin greis 'ga dhithearachadh 's na frògan ud. Ach theirear leab-fhaileachd ['s e sin leaba-fhalaich] Mhic-a-Phì riu gu léir a nis. Ma's fhior an sgeul lean Colla Mac-a-Phì o aon leab-fhaileachd gu leab-fhaileachd eile air feadh Cholasa. Lean e lorg an fhògarraich á Colasa do dh' Orasa 's á Orasa do dh' Eilean-nan-ròn. Tha an t-eilean so a' ruith do'n chuan air ceann an iar-dheas Orasa, 's air a roinn leis an lamhara 'na thri earrannan. 'S e an t-Eilean-iarach as fhaide mach de'n tri. Lean na mortairean an t-allabanach truagh do'n Eilean-iarach. Rùraich iad gach fròg dheth, ach cnaimh do Mhic-a-Phì cha d' fhuair iad. 'Nuair a bha iad a' tilleadh air an ais thug faoileann sgreuch aisde 's an Eilean-iarach. "Tha rud-eigin aig an fhaoilinn," arsa fear de na sealgairean, 's air an ais thug iad. Fhuair iad Mac-a-Phì 'na chrùban fo bhìle creige os cionn a' chuain air sgeilp air an gann a sheasadh faoileann fhéin. "Fàbhar, a Thàmhas," thuirt Mac-a-Phì ri Tàmhas Mac 'Ille Mhoirche, a chunnaic an toiseach e. "Fàbhar no fàbhar," fhreagair Tàmhas, "is beag fàbhair a gheibhteadh o t' fheusaig ruaidh mu'n àm so 'n dé." Chuireadh Mac-a-Phì gu bàs gun tuilleadh dàlach, 's bha Colla Ciotach 'na uachdaran air Colasa. Chuir cùirt Dhùnéideann air chàrn e; ach is beag smuairein a chuir so air Colla. An suilean an lagha, is ann air chàrn no fo choille a bha e a' chuid a bu mhotha d'a shaoghal. Agus cho fhad 's a tha iomradh air cha do ràinig binn na cùirt Colasa. Cha robh Clann-a-Phì comasach air ceann a thoirt da, 's air son a' chòrr bha e coma. Fad bhliadhnachan bha e fhéin 's a theaghlach gu socrach, seasgair an Colasa, no co-dhiù cho socair 's a b' urrainn aon de nàdur Cholla a bhith. Is dòcha nach robh iarraidh aig luchd-riaghlaidh na rioghachd moran dragha a chur air, 's ann a bhiodh iad taingeil fhad 's a dh' fhanadh duine cho buaireasach ri Colla gun a bhì cur dragh orra. Bhuineadh roinn de dh' fhearann Cholasa do'n Eaglais, agus bha cuisean cho sìochail 's gu'n d' fhuair Colla aonta o'n Easbuig air fearann na h-Eaglais 's a' bhliadhna 1632. Bha e fhein 's a theaghlach 's an Eilean sé no seachd de bhliadhnachan 'na dhéigh so. Cha 'n 'eil cunntas an Colasa gu'm bu droch uachdaran Colla. Cha mhotha tha iomradh cinnteach air mar a chaill e fhéin 's a theaghlach an oighreachd. Cha leigear air dì-chuimhne nach robh riamh còir aig an duine air an Eilean. B' i còir Cholla air Colasa còir Ahaib air fion-lios Naboit. Mharbh e agus ghabh e sealbh. Agus

faodar a bhi cinnteach nach bu choimhearsnach ro shiochail Colla. Bha na Caimbeulaich an Ile, ach cha robh cùisean a' soirbheachadh gu ro mhaith leo an sin. Bha an t-uachdaran 's an tuath neo-thoilichte. Cha robh an oighreachd 'n a cùnnradh cho maith 's a bha fiughair aig Tighearna Chaladair a bhitheadh i. Bha airgiod a dhith airsan daonnan, 's cha robh airgiod aig an tuath daonnan dha. Bha Colla 's a chuid mac gu tric an cainnt nan Ileach, agus faodar a bhi cinnteach nach ann a' moladh nan Caimbeulach a bhitheadh iad. Mu'n àm so cuideachd thoisich cùisean-Eaglais air togail an cinn an Earraghaidheal. Bha na Stiubhartaich, an t-athair 's am mac, a' strì ri riaghladh na h-Eaglais Shasunnaich a thoirt a dh' Albainn. Chaidh leo ann an tomhas. Ach bha na Gaill Albannach a' cur rompa nach rachadh leo na b' fhaide. Bha na Gàidheil, gu sonruichte Gàidheil nan Eileanan 's na h-oirthir iar-thuathach, meagh-bhlàth mu'n chùis. Bha mòran diubh 'n am Pàpanaich, 's an roinn a bu mhotha de'n chòrr de'n Eaglais Easbuigich. Cha b' ionann sin 's do na Caimbeulaich 's gu sonruichte do cheann-cinnidh nan Caimbeulach, Mac Cailein. Bha Easbuig an Earraghaidheal is dh' fheumtadh cur leis, ach bha Mac Cailein 's a' mhor-chuid de'n t-sluagh de dh' aon bheachd ris na Gaill mu mhodh-riaghlaidh na h-Eaglais, 's bha iad deas gu aonadh leo 's a' cheum so. Bu Phàpanaich Colla Ciotach 's a theaghlach, ach is gann a shaoilinn gu'n cuireadh gnothaichean Eaglais moran gluasaid air a h-aon diubh. Ach bu bheag orra na Caimbeulaich, agus bu toigh leo iorghuill is tuasaid. Agus a nis fhuair iad iorghuill is tuasaid gu leoir-làn an cuirp. Thaom fearg nan Caimbeulach orra o gach taobh. 'S a' bhliadhna 1639 chaidh Caimbeulach do'n eilean le ceud fear. Chreach is spùinn iad so Colasa o cheann gu ceann. Mharbh iad an spréidh 's thug iad gach grán is ìm is càis air an do rinn iad greim do Chaol-Ile. Nan robh fhios air, faodar a bhi cinnteach nach robh an sgath so, is iomadh d'a sheòrsa, gun dìoladh. Ach 's e thainig as gu 'm b' éigin do Cholla 's d'a theaghlach an t-eilean fhàgail. Fhuair Alastair teicheadh do dh' Eirinn far an do rinn e ainm iomraiteach ann an iomadh cath cruaidh. Tha Mr. Hill ag ràdh gu'n do chuireadh Colla 's a dhithis mac, Gilleasbuig is Aonghus, an làimh 's gu'n robh iad am prìosan fad chuig bliadhna, gus an do leigeadh a mach iad 's a' bhliadhna 1644. Ach cha'n 'eil so a' còrdadh uile gu léir ri cunntas a gheibhear á h-Irt. Tha Mr. Buchan, a chaidh 'n a mhinistir do'n eilean trì fichead bliadhna 'n a dhéigh so, ag innseadh gu'n deachaidh Colla Ciotach do dh' Irt 's a' bhliadhna 1641, 'na fhògarrach, an déigh cath a chur 's a chall an aobhar a' Phàpa. Chreach Colla an t-eilean sé bliadhna fichead roimhe so, agus 'nuair a chunnaic an sluagh e 's a dh' aithnich iad cò bha aca, theich iad do dh' uamha 's cha tigeadh iad a chòir an seann namhaid. Ach dhearbh e dhaibh nach bu nàmhaid a nis e. Dh' fhuirich e trì ràidhean an Irt, agus cò shaoileadh ciamar a chuir an seann laoch seachad cuid d'a thim. A' teagasg an t-sluaigh!! Fhuair Colla a mach nach b' urrainn do na h-Irtich an Creideamh Catharra a ràdh gu cothromach,—'s e sin a' Phaidir, a' Chreud, 's na deich Aitheantan. Chronaich e an sagairt, agus, ma's fhior an sgeul, dh' iarr an sluagh air an sagairt a chur as a dhreuchd. Ach ghabh Colla a leithsgeul. Thuirt e nach cual e riamh iomradh air sagairt a bhi air a chur as a phosta air son 'aineolais. Is eigin gu bheil roinn de'n fhìrinn aig Mr. Buchan, 's gu'n robh Colla an Irt cuid de'n ùine a bha dùil gu'n robh e 's a' phrìosan.

(Ri leantuinn.)

Cha b'e a' mhuileann nach meileadh, ach an t-uisge nach ruitheadh

Cha b'e 'n cù mu 'chnaimh e.

[TD 4]

[Vol. 12. No. 1. p. 4]

EOBHAIN BAN MAC AN T-SAIGHDEIR.

LE SEUMAS N. MAC FHIONGHAIN.

CAIB. IX.

AN UAMH AN COIS NA MARA-DEISEALACHD POSAIDH-A CHOMHSTRI 'S AN T-SABAID-COMHART COIN.

ACH bha 'n sealgair ceart na 'cheud smaointean. Bha duil aig Adam gur i Mairi bheag a bh' aige fad na h-uine ged a bha e gabhail car de dh' iognadh nach robh i toirt ionnsuidh sam bith air a saorsa fhaighinn no iarraidh. Bha so ga 'fhàgail gu math toilichte, a smaointinn gu'n robh i air tionndadh a reir a mhiann 's nach ruigeadh e leas a bhi air a dhol gu leithid de shaothair air a son, no 'chadal a chall. Bha Una dhonn mi-thoilichte fad iomadh latha roimhe so. Dh' fhàg i 'n sealgair òg treun, ged a bha 'cridhe 'g aomadh leis, an uair a thainig fear a b' àirde ainm 's bu mhotha storas na 'rathad. Co b' àirde chumadh a ceann na ise? Ach an uair a thòisich a leannan uasal ri cumail air falbh 's air a seachnadh, agus a chuir e aire, mar choileach-gaoithe, air àird eile, ghabh i 'n t-eagal gu 'm biodh iad ga dìth le chéile; mar sin an uair a dh' aithnich i co bha ga 'goid air an oidhche so cha duirt Una dhonn diog an deigh a dhol d' an charbad. Bha i smaointinn gu 'm biodh gach cùis a nis ceart, oir leis mar a bha i leis an tàmailt mar a bha gach aon ga seachnadh 's gann nach fhalbhadh i le duine-dubh no loireach ach e 'n cuireadh a thoirt dhì 's an àm. Ach a nis bha 'n Caiptein air a ghaol caochlaideach a nochdadh a rithist agus a reir choltais, ged a bha e car dàna dha dheanamh gun a faighneachd, a dol a chur an fhàine air a mèir a dheanadh mna-uasail dhi; a bhàrr air a sin bha e dol ga 'dheanamh 's an aon dèigh a roghnaicheadh i fhein, oir an ursgeulan Cailleach-an-Tuim, a bhiodh i 'g eisdeachd gu tric, nach e so an dòigh a bhiodh na leannain a gabhail gu b' oil leis an t-saoghal gu leir. Gun teagamh thuirt i rithe fhein nach robh an reusan aig a chaiptein a bhiodh aca sin air teicheadh ach cha robh sin ach a nochdadh gu 'm b' ann air-son ise thoileachadh a bha e, oir nach do dh' innis i dha uair no dha 's iad a' seanachas air a leithid gur e so an dòigh a roghnaicheadh i fhein a' pòsadh, dòigh nach biodh cumanta. Cha robh Una ghòrach a sealltainn na b' fhaid' air adhart uair sam bith na 'mhionaid a bha làthair, 's cha robh mar sin smaoin aice gur ann uair gle ainneamh a chaidh dlùith

cheart riamh air a chleachdadh. Ach cha 'n 'eil so a' ciallachadh a chuid aig am bi reusan làidir air a dheanamh idir. Bha mar sin Una fìor thoilichte an car a chuir a chuibhle dhith na fàbhar, agus bha a cridhe làn subhlachais air a thàille, 's leig i leatha ruith thun na criche a bh' aig na dàin a dh' fheitheamh oirre. Troimh chòmhnardan 's troimh gharbhlaichean, tromh fhàsaichean 's tromh ghlinn ghreas iad air adhart, gus mu dheireadh, faisg air cladach garbh far an robh onfhadh throm nan tonn ri chluinntinn, chaidh stad a chur air na h-eich, 's leum Adam gu làr. Shìn e làmh dh' an nighinn agus bha e ro thoilichte gun do ghabh i chuideachd gun ghuth mor gun droch fhacal. Bha, gun teagamh, an ghnòthach air thuar a dhol leis na b' fhearr na bha e 'n dùil. A reir choltais bha Mairi bheag an dùin air a h-inntinn atharrachadh o na chunnaic e i mu dheireadh. Bha i nis cho dorcha ris an tarr, ach ghabh iad air adhart le ceum cinnteach sìos air rathad garbh feadh nan creag air a stiùradh le cuid-eigin a thachair riutha far 'n do stad iad.

Ann an ceann dheich mionaidean, thainig iad thun na tràthad chòmhnaird air aghaidh na mara. Bha an stuadhan a maoidheadh orra 's ga'n ruagadh air dhaibh a dhol m'a chuairt gob sgeire a bha sineadh a mach na b' fhaide na càch, agus air an taobh eile dhe 'n sgeir, sheas am fear iùil aig fosgladh a bha a reir choltais a dol a stigh astar fo 'n chreig. Dé b' iongantaiche le Una na dithis dhaoine an cleòcannan mora dubha fhaicinn na'n suidhe air creig aig beul an tuill, mar gu'm biodh iad ga 'fheitheamh agus a reir choltais iad gu math toilichte 's botul mor eatorra. Air do dh' fhear aca gàire cridheil a dheanamh 'n uair a nochd a chuideachd chaidh Caiptein Adam ceum air adhart 'sa cromadh thuirt e riutha gu feargach—"Amadana, ciod is ciall dhuibh? Am bheil toil agaibh le 'ur bòilich an dùthaich a thoirt m'ar cluasan? Am b' urrainn dhuibh an deigh m' àithne dhuibh cumail o'n bhotul gus am biodh so seachad?" Agus an sin a tionndadh ri Una agus a toirt na càraid so air adhart thubhairt e, "So dithis chàirdean dhomh fhìn; tha fear dhuibh na phears-eaglais 's mar sin eòlach air snaim-cruaidh a chur gun mhaille, 's nach caill moran ùine ga chur, le tuil ghòrlaiseach bhriathran a chur a mach m'an chuis, mar is trice bhios a leithid a deanamh. Cha chaill; tha 'n t-Urramach Aonghas Friseal e fhein òg fhathast." Aig na briathran mu 'n Urramach, bha guailleann an fhir eile ri 'm faicinn a' crith mar gu 'm biodh a dhiol aige ri dheanamh cumail air a ghàire, ach chuir ùpag o uilinn an Urramaich gu sgar e, 's a deanamh casad beag tioram no dha, chaidh e gu stòldachd. "Cha'n urrainn mi innse dhut cho thoilichte 'sa tha mi," ars an caiptein gu beag ri Una, "thu bhì cho glic air a cheann mu dheireadh, ach tha fios agam gur e Eobhain fada bha puinnseanachadh d' inntinn; ach pàidhidh so gach dragh, agus tha mi toirt làn-mhathanas dhut air-son mo chumail air na prineachan cho fada. A nis," ars esan, 's e leigeil a ghuth an àirde, "theid sinn a stigh do'n eaglais a thog nàdar dhuinn 's bidh dh' urram againn gur 'sinn a cheud chupal, agus 's docha 'n fheadhainn mu dheireadh a chaidh no theid a phòsadh ann." Le so a radh chaidh iad a stigh dh' an uamha. Bha ùrlar de ghainneamh bhòidheach mhin-gheal fo 'n casan, agus a dol pios air adhart thainig iad gu cnap mor cloiche na meadhain aig 'n do sheas iad. "A nis," ars Adam, "faigh do choinnlean 's do leabhar cho luath 's a rinn thu riamh, 's astar math againn ri dheanamh fhathast ma'n

dig a mhaduinn.” Thug companach an Urramaich na coinnlean as a phòcaid 's thug an t-Urramaich a mach a leabhar 's a cur dheth na h-aide bha e gu stòlda a' feuchainn ri e fhein a chumail na sheasamh, agus ri sealltainn cho urramach 's a bha e cumail a mach a bha e 's a bha dhreuchd ag iarraidh. Le saothair chaidh da choinneil a lasadh agus an cur na 'n seasamh na'n céir fhein air a chreig-a' cur sealladh iongantach agus mi-nàdarra dhe 'n aite. “A nis Urramaich,” arsa chompanach, “faodaidh tu breith air cinn nan iall agus an snaim a chur cho luath 's a thogras tu.” “Na 's dluithe Mhairi,” ars Adam, “agus caith dhiot cleòc an àigh a chum 's gu faic mo chàirdean do bhòichead òigheil le 'n suilean fhein, 's gun creid iad na dh' innis mi dhaibh mu d' dheidhinn.” Bha teanga Adam gu math liotach a nis, oir fhad 's a bha càch a faighinn air dòigh, dh' fhàg e taobh Una, agus ged a chàin e càch roimhe airson a pheacaidh cheudna fhuair e botul branndi aig beul na h-uamha air a chreig 's ga chur air a cheann chuir e sìos gu math e. Air dha na briathran a radh thionndaidh e, 's dream na poit air aodann 's lasair thoilichte na shuilean agus sheall e air a bhana-chompanach. Bha Una na 'seasamh cho bàn ris an anart 's cleòc an àigh ach a mhi-fhortain dhise air tuiteam as a làmhan gun lùth gu làr, oir air dhi ainm Mairi a chluinntinn chaidh rionnag fhaoin sholuis dhi air a chùis, 's bha i nis m'an coinneamh mar iomhaigh mharmoir, gun ghuth, gun chomas gluasaid, ach fìor bhòidheach. “Thusa!” ars Adam “thusa! de chuir thusa so?” 's e togail a làimh mar gum biodh e dol ga 'bualadh gu làr. “Ciod tha cearr?” ars an t-Urramaich 's e toirt nan glaineachan bhar a shròin 'sa sealltainn le sùil ladurna air Una. “Ciod tha cearr a chairdean?” “Tha h-uile rud cearr,” ars Adam 's e dannsa le feirg; “air mo bheatadh na 'm amadan a rithist! Ach thus,” ars esan a tionndadh ri Una, “diolaidh tu air a so-agus Seumas breac deanadh esan air a shocair,—Illean so agaibh Una dhonn a phìobaire ach a mach uaithe so faodar Una dhubh a radh rithe. 'Se so an te a theab a h-amhach a bhristeadh feuch an gabhte 'n riochd bean-uasail i. Hic ha, ha, 's tric a dh' innis mi dhuibh mar a bhiodh i-fhein 's a seann mhathair ga m' leantuinn 's ga 'm iasgach gus 'n do dh' fhàs mi seachd searbh dhiu.” “Tut, tut a chauptin,” ars an t-Urramaich, “tha thu tuilleadh is doirbh do riarachadh. Ma tha Màiri bheag an dùin na 's bòidheach na i so, cha bu toil leamsa fear mo chòta bhi na d' chaisteal na nàbachd. Air m-anam,” 's e deanamh mionnan, “mur a h-aomadh i so fhein cridhe stàillinn, gun tighinn air cridhe bochd, bog, blàth feòla mar a tha nam chliabh ciùrrte-sa,” se cur a laimhe air 's a deanamh beic mhagaidh. “A nis a Chauptin, ni mi fàbhar riut—air m' anam ni mi fàbhar riut; bheir mi chaileag àluinn so bhar do làmhan, agus gabhaidh mi dhomh fhin i 's air son gu 'm bi gach ni laghail pòsaidh mo charaide sinn; bheir mi fhin dha 'n t-òrdugh naomh—an còta 's an leabhar.” “Air do shocair, air do shocair,” ars an companach, “an t-ian is moiche dhùisgeas 's leis a bhoiteag daonnan—o na tha 'n còta beannaichte san leabhar agadsa 's ann a ni thu sin air mo shonsa.” Le so a radh leum e null, 's rug e air ghàirdean air Una through 's a deanamh gair aognaidh thòisich e air a tarruinn gu beulthaobh an Urramaich. Ach thainig an t-Urramaich ceum nan coinneamh agus a togail a làimhe 's an leabhair bhuaile le uile neart iad an taobh a chinn air an fhear eile. “So,” ars esan, “mur a gabh thu òrdugh àrd gabhaidh tu òrdugh iosal”—'s ga tarruinn a rithist bhuaile e gu math e. Thuit an companach, 's chaidh an ceòl

air feadh na fìdhle. Le sgriach eagail fhuair Una as an luib, agus chaidh i á sealladh mar earb' 'san dorchadas. Chaidh na fir gu nimheil an sàs na cheile, 's chaidh Adam ma b' fhìor 'san eadraiginn, ach an ùine ghearr bha sùilean dubha 's beul fuilteach aige o'n dithis, 's iad a nis nan triùir an gruagan a cheile air an ùrlar an dorchadas iomallach na h-uamha. Mar a tha 'n leughadair air a thuigsinn, cha b' Urramach a h-aon de na trusdair, ach dithis dhe na sglimseiran aig a chauptin choir,—mialan a bha ga 'chuideachadh ag ithe oighreachd a Bheallaich, agus a bha deiseil, o nach robh iad a creidsinn Dhia no dhaoine, gus olc sam bith a dhealbh 's a dheanamh. Mar sin bha iad gu math deas agus deònach air an cuideachadh a thoirt dha air an oidhche so, gus sgleò laghail ma b' fhìor a chur air a ghnìomh dhorcha bha na ùigh a dheanamh. Cha do sheall Una na deigh riamh, ach air-son na b' urrainn i dh' astar a chur eadar i 's na fir aingidh a dh' fhag i, chuir i air adhart, uair a' tuiteam air feadh nan creag a' bha ga 'ciùradh ach gun smaointinn air a so, lean i roimhe air a greasad leis na mionnan uamhasach 's an upraid a bha i cluinntinn na deigh 'san uamha. Stad a h-anail 's thuit i fann air an làr 's i air ceum garbh a chluinntinn na 'deigh, ach an deigh a bhi deich mionaidean ann, cha chual i 'n còrr, 's cha dàinig neach; agus thuig i 'n uair sin nach robh ann ach clach chorrach a ghluais i

[TD 5]

[Vol. 12. No. 1. p. 5]

fhein 'san dol seachad 'sa chaidh car ma char sìos na deigh. Dh' eirich i rithist, 'sa mach a ghabh i 's thug i 'n aire nis air-son na ceud uair gu'n do chaill i na brògan dannsa 's gu'n robh a casan goirt, goirt aig na creagan geura, ach chum i air adhart, oir bha i smaointinn, 's a ceann a nis na bhreislich, gu'n robh eibheach aingidh is fuaim uamhasach na deigh. Le sgriach eagail dh' fhairich i cròg air a gualainn, ach cha bi; cha robh ann ach a h-ada fhein a tuiteam bhar a cinn. Mu dheireadh cha b' urrainn i dhol na b' fhaide,—ach dé bha sid? cù a' comhartaich! Aon spàirn eile; greasaig ruith eile, ged a bha 'n fhuil 's gach ceum, 's rainig i 'n cù aig dorus bothain iasgair. Thog i 'làmh gus a bhualadh, ach dh' fhàg a lùth i 's thuit i tarsuinn an dorus.

(Ri leantuinn).

INNSEAN NA H-AIRDE 'N IAR.

CHA 'n 'eil àireamh nam bliadhnachan mor on thòisich Pickford agus Black, cuideachd a tha 'tuineachadh ann an Halifax, air soithichean smùide 'chur sìos gu Innsean na h-airde 'n iar. Is ann do na Staidean, bho ghinealach nodha, a bhuineadh gach malairt 'us iomlaid air an robh eolas no feum aig luchd-àiteachaidh nan Eileanan ud. On tha iad ag aideachadh riaghladh Bhreatuinn, nach ann le Breatuinn agus le Canada 'bu chòir doibh a bhi 'cumail suas am marsantachd. Ma dh' fhaoidte nach 'eil moran coire ri 'fhaotainn do na h-Eileanan do

bhrigh nach robh oidheirp air bith air a deanamh airson na h-Eileanan agus Canada 'thabhairt ann an càirdeas dlùth agus ann an eòlas soilleir ri 'cheile. Tha aobhar mar so aig daoine Chanada 'bhi taingeil do 'n chuideachd ann an Halifax, on tha iad a' sgaoileadh fios 'us eolais 'us eachdraidh mu na h-Eilean air am bheil mi 'deanamh luaidh, air feadh Chanada gu leir. Air gach dara Di-luain tha soitheach smuide 'fàgail Halifax agus a' giulan moran bathair a dh' ionnsuidh nan Eileanan mu dheas. Tha phlùr, 'us coirce, 'us sgadan, us iasg, 'us buntàta 's feur tioram 'g an tabhairt sios ann am pailteas anabarrach. Tha e co soilleir ri solus an latha gu 'n urrainn Canada gle fhurasda moran a sheachnadh air am bheil feum aig na h-Innsean, agus gu 'n urrainn na h-Innsean moran a sheachnadh-siùcar agus iomadh ni eile-air am bheil feum aig Canada. Agus nach 'eil e ro cheart 'us iomchuidh gu bitheadh daonnan iomlaid a' dol air aghaidh gun tàmh agus le dichìoll laidir 'us togarrach eadar na h-Eileanan agus Canada.

Tha acarsaid àluinn aig Halifax. Gheibh cabhlach Bhreatuinn dìon 'us tearuinteachd an cala Halifax. Is e àite foirmeil, laidir anns am bheil na tighean feachd air an togail. Cha 'n 'eil ioghnadh air bith, ma ta, ged tha Breatunn fìor-mheasail air Halifax, agus air gach dìon 'us cothrom a gheibh a cabhlach daonnan ann a cala domhain 'us seimh a' bhaile so. Is e Bermuda 'cheud aite no eilean a ruigeas soithichean smuide Halifax air an slighe gu h-Eileanan na h-àirde 'n iar. Ann am meadhon an astair a tha eadar Halifax agus Bermuda tha Sruth a' Chamuis <eng>(Gulf stream), <gai> agus da rìreadh tha e gle dhoirbh agus luasganach. Cha 'n 'eil eileanan Bhermuda annta fein beartach no torach. Tha iomadh linn on thòisich Breatunn air sealbh a ghabhail air Bermuda. Tha moran saighdearan daonnan aig Breatunn ann am Bermuda, agus tha longan cogaidh gach àm anns an acarsaid. Tha mar an ceudna iomadh innleachd a làthair airson na longan cogaidh a chur ann an uidheam an uair a tha feum aca air an cur ann an ordugh ceart. On tha comas co laidir aig Breatunn ann am Bermuda, 's daighneach co foghainteach aice ann, is urrainn di 's b' urrainn di daonnan a cùisean agus a coirean fein a dhìon agus a sheasamh ann an America mu 'n ear gu h-iomlan. Cha 'n 'eil sneachd no reothadh ann am Bermuda. Tha 'n t-aileadh glan, maoth, ùrail, agus air an aobhar so tha e taitneach 'us tlachdmhor doibhsan aig nach 'eil bàigh ro mhor ri fuachd 'us sneachd Chanada, beagan ùine 'chur seachad ann am Bermuda, far am bheil iomadh sealladh bòidheach, far am bheil aimsir chiùin, bhlàth, agus far am bheil iomadh ni 'bheir sunnd 'us aighear 'us slàinte do gach neach a theid a shireadh slàinte ann am meadhon a' gheamhraidh. Cha 'n 'eil uisge r'a fhaotainn am Bermuda. Cha 'n 'eil tobar no fuaran idir ann. An uair a tha 'n t-uisge trom a' tuiteam bho na neoil, tha na daoine 'trusadh an uisge 's 'ga chur ann an claisean domhain far am bheil e air a thaisgidh suas, agus mar so feum air a dheanamh dhe gach là. Tha bho Bhreatunn, bho na Stàidean 'us bho Chanada moran stuth 'us bathair a' tighinn gach seachduinn gu Bermuda.

Tha mu dheich ceud mìle eadar Bermuda 's <eng>Saint Kitts, <gai> a' cheud eilean air taobh mu thuath nan Innsean. Tha 'n eilean so farsuing, beartach, agus tha 'n siùcar a' fàs. Tha cuilc an t-siùcair a fàs gu ùrail, bòidheach. Is fìor-bhòidheach dath gorm na

cuilce so. Is e 'n siùcar bàrr a's fhearr a tha na h-Eileanan a togail. Chaidh e sìos ann am prìs o cheann beagan ùine; agus air an aobhar so cha 'n 'eil luchd-àiteachaidh nan Eileanan co sona 's co comhfhurtachail 's a b' àbhaist doibh a bhi. Tha 'n Fhraing 's a' Ghearmailt a' tabhairt duais do 'n daoine fein a tha 'g ullachadh an t-siùcair, agus 'g a chur gu dùthchannan céin. Tha mar so prìs an t-siùcair air a chumail sìos. Ach tha crìoch a' tighinn ann an ùine ghearr air faoilidheachd na Frainge 's na Gearmailt air sgàth an t-siùcair.

Nimheis, is e so ainm an eilean a's fhaisge do Shaint Kitts. Is anns an eilean so a chaidh an Ceannard-chabhlaich iomraiteach, cumhachdach, mòrail, neo-sgathach Nelson a phòsadh. Thuit e aig comh-stri fhuileachdach Thrafalgar, far an tug e buaidh air na Frangaich, agus far an d' fhuair e ainm 'us cliù a mhaireas gu bràth. Tha cnoc no dùn an eilean so gle chosmhuil ri Beinn Nimheis ann an Albainn, ged nach 'eil e co mor no co àrd ri Beinn Nimheis, agus ged nach 'eil sneachd uair air bith air a cheann no reothadh air a thaobh no aig a chasan.

Is ann am Montserrat a b' àbhaist do na craobhan a bhi 'fàs bho 'm bheil an sùgh <eng>lime juice<gai> air a dheanamh, air am bheil mnathan tighe Chanada gle eòlach. Chaidh stoirm eagalach thairis air Montserrat bho cheann beagan bhliadhnachan, agus chaidh mar so na craobhan bho 'n robh an sùgh air an d' rinn mi iomradh air a tharruing a mharbhadh. Gabhaidh craobhan òga de 'n t-seorsa so cuig bliadhna mu 'm fàs iad mor gu leoir.

Is ann an Dominica, eilean a tha dlùth air Montserrat, a tha na craobhan a nis' a' fàs gu sultmhor, fallain, bho 'm bheil an sùgh a tighinn a tha gle mheasail ann am Breatunn agus ann an Canada. Tha e soilleir gu bheil na Sasunnaich iarrtuiseach a nis air moran chraobhan a phlanntachadh am measg nan Eileanan, do bhrìgh gu bheil an sùgh a tha 'tighinn uatha a' tarruing prìs mhoir ann am Breatunn agus ann am America mu thuath. Tha tuille agam ri 'radh mu dheibhinn Innsean na h-àirde 'n iar.

CONA.

Bidh uan dubh aig caora bhàin, 's uan bàn aig caora dhuibh.

SGEULACHDAN ARABIANACH.

ALADIN.

CAIB. XX.

AN uair a sguir Aladin de labhairt, thuir nighean an rìgh: "Tha e gle fhad' an aghaidh mo thoile aoidh agus caoimheas a nochdadh do 'n draoidh ged a tha mi 'tuigsinn gu 'm bheil e ro fheumail gu 'n deanainn e. Ach nach fheumar a h-uile doigh a ghnathachadh a chum stad a chur air obair an duine eucoraich ud? Air an aobhar sin, ni

mise mar a tha thu 'g iarraidh orm, o 'n a tha ar sonas le cheile ann an tomhas mor an crochadh ris a' chuis."

An sin dh' fhalbh Aladin am mach as an luchairt, agus chaith e na bha roimhe dhe 'n latha, faisge air laimh, a chum gu 'n rachadh e steach air an dorus dhiomhair an uair a thigeadh an oidhche.

Bha tlachd mhor aig nighean an righ do Aladin riamh o 'n a chunnaic i a' cheud shealladh dheth, agus an uair a fhuair i i-fhein ann an Africa, far an robh i 'smaointean nach fhaiceadh i sealladh gu brath tuilleadh dheth, chaidh i gu leithid de bhron 's de lionn-dubh 's nach robh suim aice ciod an seors' aodaich a chuireadh i uimpe. Ach a nis, o 'n a bha i toileach an car a thoirt as an draoidh mar a thug esan aisde fhein roimhe sid, chuir i i-fhein ann an eideadh cho riomhach 's a rinn i riamh. Agus bha de sheudan cho luachmhor 'sa bh' anns an t-saoghal air a ceann, air a com, agus air a lamhan, barrachd 's a b' urrainn a bhith air banrigh, no air bana-phrionnsa 'bh' anns an t-saoghal. An uair a bha i mar so 'na lan-eideadh, shuidh i air sofa gus an tigeadh an draoidh.

Thainig e aig an uair ghnathaichte, agus cha bu luaithe chaidh e steach do 'n talla na dh' eirich a' bhana-phrionnsa 'na choinneamh, agus chuir i failte air le coltas aoidh agus tlachd nach fhac' e riamh roimh' oirre. Mar chomharradh gu 'n robh i 'toirt urram dha, cha do shuidh i gus an do shuidh esan an toiseach anns an aite urramach a chomharraich i 'mach dha.

Cha robh fhios aig an draoidh ciod a theireadh e an uair a chunnaic e an coltas aoidheil a bha air a gnuis, agus an trusgan riomhach, agus na seudan luachmhor, leis an robh i air a comhdachadh.

An uair a bha e tiotadh 'na shuidhe, thuirt i ris, agus toil aice deadh mhisnich a thoirt dha, feuch an tugadh i air a chreidsinn gu 'n robh i air fas measail air: "Cha 'n 'eil teagamh nach 'eil e 'cur ioghnaidh ort mise fhaicinn an diugh ann an suidheachadh gle dhealaichte o 'n t-suidheachadh anns am b' abhaist dhomh 'bhith. Ach cha bhi ioghnadh cho mor ort an uair a dh' innseas mi dhut gu 'm bheil mi gu nadarra aoidheil, cridheil, sunndach, agus gu 'm bheil mi 'n comhnuidh a' feuchainn ri mulad is bron is lionn-dubh a thilgeadh dhìom cho luath 's is urrainn mi. Bha mi 'smaointean gu dluth air na thubhairt thu rium mu dheidhinn bas Aladin, agus o 'n a tha lan-fhios agam gu 'n las m' athair le corruich mhoir air son rud gle bheag, tha mi 'creidsinn gu 'n do chuir e Aladin gu bas. Agus ged a bhithinn 'g a chaoidh ri mo bheo, cha b' urrainn mi a thoirt beo. Air an aobhar sin, o 'n a tha mi nis air a bhith greis 'g a chaoidh, mar dhearbhadh air a' ghradh a bh' agam dha, a nis, o 'n a tha e anns an uaigh, tha mi 'smaointean gu 'm bu choir dhomh feuchainn ris gach bron is mulad a thilgeadh dhìom. Is e so a thug an t-atharrachadh so orm an diugh; agus tha mi cuir gu buileach cul ris gach bron a bha orm.

"Tha mi 'n dochas gu 'n cum thusa cuideachd

[TD 6]

[Vol. 12. No. 1. p. 6]

rium air an fheasgar so, agus air an aobhar sin, thug mi ordugh seachad deadh shuipear fhaotainn deiseil. Ach cha 'n 'eil fion agam a's fhearr na fion Shina. Bu mhiann leam blasad air fion Africa, agus cha 'n 'eil teagamh agam nach teid agadsa air rud dhe 'n fhion a's fhearr fhaighinn dhomh."

Bha 'n draoidh roimhe sid a' smaointean gu 'n rachadh uine mhath seachad mu 'm fasadh nighean an righ measail air, agus is gann gu 'm b' urrainn e cainnt a chur air cho toilichte 's a bha e an uair a chunnaic e an t-atharrachadh a thainig air a nadar ann an uine cho goirid. Anns a' mhionaid thoisich e ri labhairt mu gach seorsa fiona a bha 'fas ann an Africa, agus thuirt e: "Tha iomadh rud math a' fas againn ann an Africa, ach cha 'n 'eil dad a' fas na's fhearr againn na tha 'm fion. Tha soitheach agamsa anns am bheil fion a tha seachd bliadhna 'dh' aois, nach d' fhosgladh riamh fhathast; agus faodaidh mi radh nach 'eil fion air an t-saoghal a's fhearr na e. Ma leigeas sibh cead dhomh, theid mi dh' iarraidh da bhotul dheth, agus cha bhi mi fada gun tilleadh."

"Cha bu toigh leam uiread sin de dragh a chur ort," ars' ise, "is fhearr dhuibh duine a chur g' a iarraidh."

"Feumaidh mi-fhin falbh," ars' esan; "cha 'n 'eil fhios aig neach sam bith ach mi-fhin c'aite am bheil iuchair an t-seilleir, agus cha 'n aithne do neach sam bith an dorus fhosgladh ach mi-fhin."

"Ma 's ann mar sin a tha," arsa nighean an righ, "na bi fada gun tighinn; oir mar is fhaide bhios tu gun tighinn is ann is mo a bhios de dh' fhadachd ormsa, agus suidhidh sinn aig an t-suipear cho luath 's a thig thu air ais."

Bha 'n draoidh cho lan de dhochas gu 'n robh solas ris an robh duil aige faisge gu leor dha 's gu 'n do ruith e dhachaidh a dh' iarraidh an fhiona.

Bha nighean an righ cho cinnteach gu 'n tilleadh an draoidh ann an uine ghoirid 's gu 'n do chuir i am fudar le a lamhan fhein anns a' chupa 'bha air a chur air leith dha.

An uair a thill e leis an fhion, shuidh iad mu choinneamh a cheile aig a' bhord. Bha 'chulaobh-san ris na soithichean anns an robh am fion air a' bhord a bha 'n taobh an talla.

Chuireadh a h-uile biadh a b' fhearr na cheile a bh' air a' bhord 'na thairgse, agus thuirt nighean an righ ris: "Nam b' e do thoil e, bheirinn ordugh do 'n luchd-ciuil, agus do 'n luchd-seinn tighinn a steach gus an uine chur seachad gu taitneach dhuinn; ach o nach 'eil ann ach sinn fhin le cheile, tha mi 'smaointean gu 'm biodh e cho math dhuinn am feasgar a chur seachad le comhradh taitneach."

Chord so anabarrach math ris an draoidh; oir bha e 'g a ghabhail mar chomharradh air fabhar gle mhor.

An deigh dhaibh a bhith greis 'nan suidhe aig a bhord a' gabhail a' bheidh, agus a' comhradh gu caoimhneil, cairdeil, thug nighean an righ ordugh seachad am fion a chur air a' bhord, agus dh' ol i air slainte an draoidh. Agus 'na dheigh sin, thuirt i ris: "Bha 'n fhirinn agad an uair a mhol thu fion Africa, oir cha do bhlais mi riamh air fion cho math ris."

"Mo bhana-phrionnsa ro mhaiseach," ars' an draoidh, agus an cupa lan fiona 'na laimh, "saoilidh mi gu 'm bheil am fion na 's blasda 'chionn gu 'm bheil sibh 'g a mholadh."

"Ol air mo shlainte, mata," arsa nighean an righ; "tuigidh tu gur aithne dhomhsa fion math."

Dh' ol e air slainte nighean an righ, agus an uair a leig e an cupa as a laimh, thuirt e rithe: "Tha mi 'g am mheas fhin sona gu 'n do ghleidh mi am fion so gus a' nochd; cha chreid mi gu 'n do chord fion riamh roimhe rium cho math ris."

An uair a dh' ol iad a dha no tri de chupain fhiona an t-aon, thuirt nighean an righ, agus i 'n deigh toileachadh mor a thoirt do 'n draoidh leis cho tlachdar agus cho caoimhneil 's a bha i ris: "Ann a' Shina, an uair a bhios gaol aig dithis air a cheile, olaidh an dara aon a cupan an aoin eile. Cha 'n 'eil fhios agam ana nn mar so a tha iad a' deanamh ann an Africa."

Aig a' cheart am thairg i dha an cupa anns an do chuir i-fhein am fudar.

Ghabh esan gu toileach an cupa as a laimh, agus ghabh ise an cupa as a laimh-san.

Mu 'n do chuir e an cupa thun a bheoil, thuirt e rithe, agus an cupa 'na laimh: "Gu dearbh a bhana-phrionnsa, cha 'n 'eil sinne ann an Africa cho grinn 'nar doighean 's a tha sibhse ann a' Shina; agus tha sibh a' nochdadh fabhar a tha mor dhomhsa an uair a tha sibh ag innseadh dhomh mar bu choir dhomh a dheanamh. Cha leig mi as mo chuimhne ri mo bheo an toileachadh a fhuair mi o 'n a thainig mi an so an diugh. Mur b' e gu 'n d' fhas sibh caoimhneil rium, bha mi air am bas fhaotainn gun teagamh sam bith."

Bha nighean an righ a' fas sgith dhe na bha e deanamh de mholadh oirre, agus thuirt i ris: "Olamaid an toiseach, agus bidh sinn a' comhradh 'na dheigh sin."

Aig a' cheart am chuir i an cupa dh' ionnsuidh a beoil. Agus bha 'n draoidh toileach am fion ol a chum gu 'm biodh an cothrom aige air comhradh gu leor a dheanamh 'na dheigh sid. Dh' ol e a h-uile deur a bha anns a' chupa a dh' aon deoch, agus leig e a cheann a null air an aite anns an robh e 'na shuidhe.

Chum nighean an rìgh an cupa ri 'beul gus am faca i gu 'n do thionndaidh a shuilean ann an ceann an draoidh.

Is gann a bha e feumail dhi ordugh a thoirt an dorus fhosgladh do Aladin; oir, mu 'n do tharr an draoidh tuiteam thairis fhuair e fios shìos an staidhre air mar a bha, agus leum e steach do 'n t-seomar anns a' mhionaid.

Cha bu luathe a chaidh Aladin a steach do'n t-seomar, agus a chunnaic e an 'draoidh 'na shineadh air an t-sofa, na dh' eirich nighean an rìgh bhar an aite an rohh i 'na suidhe, agus ruith i far an robh e gus failte chridheil a chur air. Ach thuirt e rithe: "A bana-phrionnsa, dean foighidinn. Bi cho math 's gu 'n teid thu do d' sheomar fhein fhad 's a bhios mise feuchainn ris an luchairt a thoirt air ais do Shina."

An uair a chaidh a' bhana-phrionnsa agus a mnathan-coimhreachd am mach as an talla, dhuin Aladin an dorus, agus ghabh e dìreach far an robh an draoidh 'na shineadh marbh. Dh' fhosgail e a bhrollach, agus thug e as an cruisean. Agus an uair a thug e suathadh air, bha 'm fathach 'na sheasamh air a bheulaobh.

"Fhathaich," ars' Aladin, "chuir mi fios ort gus an luchairt so a thoirt air ais gu ruige Shina, agus a cur anns a' cheart bhad anns an do thogadh i."

Chrom am fathach a cheann mar chomharradh gu 'n robh e 'toirt umhlachd dha, agus chaidh e as an t-sealladh.

Gun dail sam bith thugadh an luchairt a Africa gu ruige Shina. Cha d' fhairich iad gu 'n do ghluaiseadh i ach aon chrith bheag an uair a thogadh air falbh i, agus crith bheag eile an uair a leigeadh as i.

(Ri leantuinn.)

Chaidh fear de 'n ainm Burns as a rian ann an Louisburg an la roimhe, 's chuireadh air falbh do 'n tigh-chaoltaich an Dartmouth e. Bha e anns an ionad sin roimhe, ach chaidh e am feobhas, 's leigeadh mu sgaoil e.

A CHRAOBH UISGE.

Is neònach a chraobh so. 'Sann ann an aon de dh'Eileana Chanari a tha 'n té is iongantach de'n t-seòrsa so. Tha i so a' slileadh uiread uisge 's a dh' fhóghnas do mhuinntir an eilean gu léir.

Tha i am bràigh glinne air stùchd àrd creige. 'Se 'n t-ainm a th' aig muinntir an eilean oirr', a Chraobh Naomha. Tha i anabarrach sean, ach tha i 'n diugh gu slàn, fallain, mar a bha i o chionn cheud bliadhna. O dhuilleach na craoibhe prìseil so tha uisg' a drùghadh ann am mòr phailteas-uiread 'sa dh' fhóghnas do gach bèò

chreutair 'san eilean. Nach caoimhneil, gràs mhor freasdal ar n-Athar nèamhaidh dhaibh 'san eilean thioram, thartmhor, theith so, 's gun uisg' air bith de sheòrs' eile ann. Tha i trì mìle o 'n fhairge, agus gun chraobh eile na còir. Cha 'n 'eil a duilleach a' seargadh air àm air bith. Ma dh' fhalbhas aon duilleag thig aon eile na h-àite. Tha clais mhòr dhomhain air a cladhach m'a timchioll, anns am bheil an t-uisg' a' tuiteam agus as a bheil muinntir an eilein ga ghiùlan gach là.

Gach maduinn roimh éiridh na gréine tha ceò dùmhail a' togail o'n fhairge. Tha ghaoth 'ga ghluasad suas ri uchd na bruaiche far a bheil a chraobh so, agus tha'n ceò so a' braonadh air duilleig leathainn na craoibhe so; agus tha e rìs a' sheadh o'n chraoibh fad an latha, mar chitear uisg' a' tuiteam o chraobhaibh san dùthaich so fein an déigh fras uisge. Tha duine chòmhnuidh dlù do'n chraoibh so air a' bheil a cùram. Tha tigh aige agus tuarasdal àrd, agus 'se a dhreuchd a chuibrionn fein a thoirt do gach duine de'n uisge mar thig iad ga iarraidh.

Thachair luchd-turuis a bha ann am America, is iad a' siubhal troimh thìr thartmhoir air an claidh le pathadh, air craoibh-uisge de'n t-seòrsa cheudna. Chunnaic iad craobh mhòr agus mhothaich iad an talamh fliuch mu 'n cuairt di. Cha robh fras uisg' ann o cheann sia mìosan, is chuir so iongantas orra. Dhlùthaich iad rithe, agus le sòlas agus taingealachd mòr chunnaic iad uisge fuar fallain a' braonadh o gach duilleig. Is furasd a smuaineachadh an gairdeachas a dhùisg so suas annta, nach faca deur uisge o cheann cheithir làithean roimhe sin. Cha do thachair aon eile de'n t-seòrs' orra 'nan turus gu léir.

Aig Abhainn a' Bhradain, an Grand Mira, seachduin gus an Di-luain s'a chaidh, bha gille beag le A. L. Petrie, á <eng>Glace Bay,<gai> air a bhàthadh. Bha 'n gille a' cluich mu laimhrig bhig a tha aig taobh na h-aibhne, agus mu dhorchadh na h-oidhche fhuaireadh e air a bheul fodha air a ghrunnd. Cha robh e ach naodh bliadhna dh' aois.

Air an t-siathamh la fichead de'n mhios so chaidh, chaochail an t-Onarach Domhnull MacFhearchair ann an Ottawa. Cha'n eil ach bliadhna no dha o'n ghabh e àite-suidhe 'san àrd-pharlamaid, agus a' chuid bu mhò dhe'n ùine sin bha e ann an droch shlàinte. Rugadh e ann am Mermaid, an Eilein a' Phrionnsa, 'sa bhliadhna 1834. Bha e na 'bhall de phàrlamaid an eilein fad choig bliadhna fichead, agus na Phrìomhair trì bliadhna dhe'n ùine sin. Bha e na 'dhuine tapaidh, agus bha fìor chliù air mar fhear-phàrlamaid.

Ann a Heatherdale, an Eilean a' Phrionnsa, air an treas la fichead de'n mhios a dh' fhalbh, bha gill' òg d' am b' ainm Munroe Brus air a bhàthadh ann an dam muillne. Bha e-fein 's a bhràthair a' cleasachd 'san uisge, chaidh a bhràthair a shnàmh, agus air dha àite domhain a ruigeachd chaidh e fodha. Chunnaic esan a chunnart agus chaidh ga chuideachadh, ach 's ann a chaill e fhein a ghreim 's bha e air a bhàthadh. Fhuair am fear eile greimeachadh ri ràth, agus bha e air a shàbhaladh.

[TD 7]

[Vol. 12. No. 1. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic
AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR
Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn
taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>

FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.

<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,

FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.

Airgead ri thoirt seachad an iasad.

UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>

An Stor-chungaidhean a's fhèrr a tha ann an Sidni.

Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>

BATHAR CRUAIDH.

Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,

DOTAIR FHIACAL.

OIFIS:-Os cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>
CORPAICHTE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE \$2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
ann anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3% 'sa bhliadhna.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c.; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

[Dealbh]
A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE
dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa
fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-
uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an
so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air
an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.
J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a
cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh'
iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.
M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

Iadsan a Phaigh.

A. W. Mathanach, Gleann Uilleim, E.P.I.
Bean D. Johnston, Montague, E.P.I.
Iain Mac-Calamain, Rudha Phrim, E.P.I.
S. Mac-a-Phearsain, <eng>Green Marsh,<gai> E.P.I.
An t-Urr. D. L Domhnallach, Arasaig, N.S.
Bean Aonghais Chaimbeil, Arasaig, N.S.
Domhnall Mac-Gille-ghlais, <eng>Stellarton, N.S.<gai>
A. G. Domhnallach, <eng>Antigonish, N.S.<gai>
An Dotair A. H. Mac Aoidh, <eng>Halifax, N.S.<gai>
Iain Mac Thearlaich, <eng>Ottawa, Ont.<gai>
Iain Mathanach, <eng>Armow, Ont.<gai>
Iain Mac-a-Ghobha, <eng>Lindsay, Ont.<gai>
Calum Mac-a-Phi, Menagh, Ont.
Bean Thormaid Dhomhnallaich, <eng>Milan, Que<gai>
Domhnall Mac-Leoid, <eng>Detroit, Mich.<gai>
Raonull Mac-Fhionghain, <eng>Detroit, Mich.<gai>
Iseabail Oudekerke, <eng>Chase's Lake, N. Y.<gai>
Anna Nic Leòid, <eng>Boston, Mass.<gai>
Mairearad Nic Leoid, <eng>Mattapoissett, Mass.<gai>
Iain A. Mac-Fhearghais, <eng>Magnolia, Mass.<gai>
P. D. Mac-Fhearghais, <eng>Toledo, Ohio<gai>
Bean Iain Dhùghlaich, <eng>Mooreton, N. Dak.<gai>
Iain J. Camaran, <eng>San Francisco, Cala.<gai>
Murchadh Mac-Coinnich, <eng>San Francisco, Cala.<gai>
Iain L. Brower, <eng>New York.<gai>
An t-Urr. Alasdair Beutan, <eng>Ouray, Colo.<gai>
Alasdair Mac-Amhlaidh, <eng>Milton, C. B.<gai>
Uilleam Mac Phéitris, Loch Bhlackett,
Somhairle Mac Neacail, Catalone
C. Mac-Fhearghis, Loch Chloinn-Fhearghais
Somhairle C. Caimbeul, Eilean Phòil
Iain Mac-Aoidh, <eng>Kempt Road<gai>
Aonghas Mac Ascuill, Sidni
Padruig Moireasdan, Sidni
Alasdair Mac-Leoid, Sidni
An t-Urr D. Domhnallach, Srath-Lathuirn
Domhnall o' Handley, <eng>Bridgeport<gai>
Ailean Domhnallach, Abhainn a Bhradain
Iseabail Nic-Gilleain, na Caoil Mhora.
Seoras Mac-Neacail, Sidni Tuath
R. Mac Coinnich, Eilder, Loch Bhlackett.
Maighstir D. Mac-a-Phearsain, Glendale
Aonghas Gillios, Bràigh Mhargaree
Tormad Buchanan, <eng>Munro's Point<gai>
Iain G. Mac Thearlaich, Abhainn Mheadhonach
M. R. Johnston, am Pòn Mor
Anna Nic Cuthais, Bearnaraidh, Uidhist
Uilleam Domhnullach, <eng>Junction City, Kan.<gai>
An Senator Cox, <eng>Toronto, Out.<gai>

Somhairle Ceanadach, McGiugan, B. C.
C. A. Caimbeal, McGiugan, B. C.
M. Mac-an-t-Saoir, <eng>Twin Bridges, Mont.<gai>

ORAN

LE AONGHAS A. DONULLACH, S. W. MARGAREE.

Buaidh is piseach air an ribhinn
'Rinn an deise riomhach dhomhsa;
'S e sud og-bhean nam meoirean finealt',
'S gu bheil an tì oirre iomadh oigear.

Gur i sud an deagh bhean-uasal
Ni am fuaigheal gu grinn na seomar,
Dh' fhas i beusach, banail, stuama,—
'S gur lionair buaidh th' air an ribhinn og ud.

Ged a shiubhaladh duin' an tir so
'Measg gach ribhinn a th'ann a' comhnuidh,
Gur tearc a chitheadh e le cinnt ann
Té cho priseil ris an og-bhean.

Cha bhi eis no cearb ad ghnìomh-sa,
'S tu cho deanadach, glic, an comhnuidh;
Ge b'e fear a gheibh do lamh-sa,
Gu la bhrach cha bhi e bronach.

A bhi caoimhneil, banail, cairdeil,
Ann ad ardaich 's e bu nos duit,
Gheibheadh coigreach moran baighe,
Agus annrach bochd a lon ann.

Gur e ainm na maighdean shuairce,
Mar a chuala sibh, Cassie Dhomhn'lach;
'Ghin bho na fiurain bha fearail, stuama,
'S a choisinn buaidh an Inbhirlòchaidh.

An t-oigear uasal tha tigh'nn o'n tuath oirnn
Ni e do bhuannachd, 's e sin a dhochas;
Gheibh sinn banais bhios cridheil bhuaithe,
'S cha bhi tuasaid na bualadh dhorn ann.

Bidh ann solas is toilinntinn,
Bidh ann ribhinnean donna, boidheach;
Gum bi caitheam bhinn nan teud ann,
'Togail eibhneis air gilleann oga.

Gum bi 'chuid a's fhèarr de'n bhiadh ac'
'G a riarachadh mar is coir ann;
Bidh ann islean agus uaislean,
Is stuth uasal air a bhord ac'.

Gun fhios nach faighear cearb am Ghaidhlig,
Bi mi 'n drasda 'sgur de 'n oran;
'Guidhe fallaineachd dhuit is slainte
Fad do laithean agus storas.

THROD MO BHEAN.

Throd mo bhean's gun throd i rium,
Ghabh i mi-thlachd agus diumb,
Is o nach b' àbhaist dhi trod riùm
Gun throd mi 'chionn gun throd i rium.

'S ann a thuirt i rium gu dùr,
Gum bu bhodach mi gun tùr,
Nach iarradh làmh a chur ri tùrn,
Ach iomairt cùirn gu soistinneach.

'Sann a labhair i gu fiat,
Mar nach deanainn stà dhi riamh
'S a thuirt i ruim gu'm beag a b' fhiach
Na rinn mi ghnìomh 's de chosnadh dhi.

Dh' fhàg thu mise 'n càs gu leòr,
Leis a ghràdh a thug thu 'n phòit;
'S cha 'n aithreach leat mar bha mo sheol,
Ged tha mi brònach, dochranach.

Cha 'n 'eil airgiod, cha 'n 'eil spréidh,
Cha 'n eil agam fiù a bhréid
A theid do chlachan no gu féill,
Le d' ghnàths mi-bheusach, mosachail.

Dh' òl thu mhoisein, dh' òl thu bho
Bha gar beathachadh gach lo,
'S gur math mur h-ol thu an da bhroig
A th' air do spògan rosadach.

Cha 'n iognadh peanas agus plàigh
A thuiteam air do cheann gun dàil,
'S mar rinn thu mise mheath 'sa chràdh
Le d' ruidht, a bhàraisg shoganaich.

Clos cha 'n fhaigh mi feadh na h-oidhch',
'S mi na m' chrùban làn de dh' oillt
Gun tachdar thu le d' bhrùchdail roic,
'Stu air do shloich 'san ospartain.

Tha do chlann gun mheas, gun bheus,
Direach mar a tha thu fhéin,
Gun mhath, gun rath, gun sùrd, gun fheum;
Gur truagh an té tha 'n crochadh ribh.

An aodach tha e ribeach lom,

Lom-lan thuthag agus tholl,
'S tha 'n cridh' air sgàineadh ann am chom
A nigheadh ronn is otraich as.

Ach Domhnull Bàn a bhean 's a chlann,
Muinntir an tigh-òsd' ùd thall,
Gur riomhach, ròiceil iad neo-ghann,
Air tàille sannt do ghlochdain-sa.

DI-MOLADH AN UISGE-BHEATHA.

LEIS AN LIGHICHE MAC-LACHAINN, NACH MAIREANN.

Cha 'n òl mi deur tuille, deur tuille, deur tuille,
Cha 'n òl mi deur tuille, deur tuille de 'n dram;
Cha 'n òl mi deur tuille, cha dean mi ris fuireach,
'S mi cinnteach gu 'n cuireadh e 'n tubaist am cheann.

Gur mis' tha gu brònach, am luidhe 's tigh-òsda,
Mi 'teannadh ri òran le bòidean gu teann;
Ag éirigh air m' uilinn, 's ag éigheach gu dùineil,
"Cha 'n òl mi deur tuille, deur tuille de 'n dram."

'S trom, éisleineach m' aigne 'n àm éirigh 's a' mhaduinn,
Mo bhriogais mu m' chasan 'g a tarruing a nall;
Mo bhriogais 'n a stròicean, cha dean i mo chòmhdach-
'S e éigheach nan stòp 'chuir am pòca cho gann.

[TD 8]

[Vol. 12. No. 1. p. 8]

Le m' chois air an ùrlar, 's gann tha mi air dùsgadh,
'S gur measa na brùid mi le stùrdan 's a' cheann;
Le smal air mo léirsinn, 's an t-snigh' air mo léine,
Mo chridhe làn éislein le speura de'n dram.

Mo léirsinn air tuituam, cha léir dhomh mo thrusgan,
Cha 'n 'eil mi ach tuisleach, a' trusadh gach ball,
Ann an seòmar na bochdainn, ag iarraidh gach oisinn-
Ciamar theid mi air chois eachd 's na h-osain air chall?

Tha muinntir an tighe ri bùird agus fanoid,
O'n dh' éirich mi falamh, cha 'n fhaigh mi an taing;
Bu bhriathrach an raoir iad, 'n àm lasadh nan coinnlean,
An toiseach na h-oidhche bu chaoimheil an cainnt.

Bidh iadsan cho fiadhaich mur pàigh thu na fiachan,
Gach latha 'sa bhliadhna 'g an iarraidh gu teann,
'Cur cagar ad achlais, le briathran a' mhaslaidh-
"Tha agam ort tasdan, is aisig e nall."

Bidh esan cho spòrsail 'sa chlachan Di-dòmhnach,
Bho'n cheannaich e còta le pòiteir an dram;
Clann ceathairne còir ann, gun bhoineid, gun bhrògan,
'S nighean dubh an tigh-òsda le srol air a ceann.

Sguiridh mi 'n bhéisd ud, cha bhi mi 'g a éigheach,
Gun fhios a'm fo 'n ghréin ciod am feum a tha ann;
Their na fir làidir, 'n uair chi iad air sràid mi-
"Tha pòit an tigh-thàirne 'g a fhàgail-san fann."

Cha 'n òl mi deur tuille, cha dean mi ris fuireach,
Cha téid mi le furan an cuideachd mo chall;
'N uair chluinneas mi 'n deoch ud 'g a h-éigheach le frogan,
Bidh iallan mo sporain g' an roladh gu teann.

ORAN NAM BODACH.

LE NIALL RUADH MOR.

RUAIRIDH.

An cual' thu 'n t-òran an dràsda
'Rinn fear grànd' Cnoc-na-mùladh?
Saoil nach 'eil e ri 'ràdh
Gur e 's fhearr tha 'san dùthaich;
Ma theid mise ga àicheadh
Ni mi 'chàch dheth cuis-bhùirde,
Ag iarraidh urram air bàrdachd,
Fear nach fhearr na Iain sgùlan,
Le teanga laig!

Nach mor an comharr' air trusdar
A tarruinn cus na 'chuid seanachais,
Ged a bhiodh e cho gleusda
Ri teanga gheur Iain 'ic Fhearchair.
Tha mi nis an deigh liathadh
'S cha robh thu riamh ach na t' ainmhidh,
Fear gun radharc, gun susbainn,
Gun làn gucaig a dh' eanachainn,
Gun tuigse cheart.

GILLEASBUIG.

A Ruairidh spàgach 'ic Ailein
Chaill thu thairis do nàire,
'Nuair a theann thu ri m' aoireadh,
'S mo shliochd dhaoine ro laidir;
Bha mi uair ann an Sannda
'Bhiodh do cheann-s' air dhroch càradh
Air-son do chantanais dhomhsa,
Gu robh gu leor Chlann-'ic-Phail ann
De ghillean smart.

R.—Rugadh thusa gun tuigse,
'S beag tha dh' fhiosrachadh fuaight' riut,
'Nuair a chaidh thu ga 'moladh
Aon dad dhe 'folachd cha chualas.
Ach innsidh mis' air a mhionaid
A chraobh a's sin' as 'n do bhuain thu:
Loch 'Ic Phàil as a chànran
'S ann a dh' fhàgadh 's a fhuairleadh
A chleiteach bhreac.

G.—'S e bh' ann na gillean bha smearail,
Bha gu carannach, càirdeil,
'S iad gu 'n druideadh ri 'cheile
Na 'm beireadh eucoir air pàirt diubh,
'S ged bha iad gun cheann-cinnidh,
'S iad nach tilleadh roimh nàmhaid,
Gur a sluagh na bheil beò dhiubh
De shliochd Eubh agus Adhamh,
A thamhaisg bho chd!

R.—Sguir thus 'Illeasbuig dhe d' bhrolaich,
'S olc a bhuineadh sud dhomhsa,
'S ann tha mise 'shiol Ghorraidh,
A dhearbh bhroilleach Chlann Domhnuill,
A chraobh bu choir a bhi 'n uachdar,
'Chleachd an cruadal as òige,
'Choisinn urram Raon Ruairidh,
A bhuinnig buaidh Inbhirlòchaidh
Le lannan glas.

G.—Cha b' ioghnadh tusa bhi stàiteil
'Dol ga 'n àireamh 's ga 'n labhairt;
Nam biodh tu fhein air Bearàrdo,
A righ! bu spàgach do phleadhan,
'N àm dhut teannadh ri mearsadh
Bu cheol gàire ga d' choimhead,
Gun rib' a nuas o na glùinean
Dhe do thriùsair air faighinn
Le iomairt phlat.

R.—Cha deanadh tusa dhaibh saighdeir,
Cha mho a dh' fhaighneachar ann thu:
Ni thu 'n obair a chleachd thu,
'Falbh a bhailtean na dùthcha,
Ag iarraidh leathar ri chairteadh
Ann an asgall na dùbhlachd,
'S tu bu luaithe na fitheach
'Bhiodh a frithealadh shùilean
Gu 'n toirt leat.

G.—Sguir thusa 'Ruairidh dhe d' ailis,
Fhuair mi deannal mar tha dhiot,
Ged nach 'eil mi cho gleusda
Riut fhein ann an Gàilig;

Ach ruigidh mis' Iain mac Neill òig,
Oir 's e 's eolaich dh' am nàdar,
'S gheibh mi cuideachadh bhuaithe
Gu thusa, Ruairidh, a chàineadh
Gun dol na 's fhaid.

R.—Bu throm air cuideachadh riamh thu,
'Bhi ga 'iarraidh 's ga 'shireadh,
A falbh o àite gu àite,
Gur tu nàraich do chinneadh,
Ach gheibh mise fear lamh rium,
Nach mios' an Gailig na 'n duin' ud,
A rùisgeas tusa gu d' shàilean
'S nach fhag stràill air a mhullach
Dhe 'n stiorraig ghlais.

G.—Theid mise dhuts' air mo ghlùinean
Ann an ùmhlachd na paidir,
Airson maitheanas iarraidh,—
Na leig a bhiasd sin 'san tagradh;
Ma's a math mac Nèill òig,
Gu bheil mi eòlach m'a mhagadh:
Tionndaidhidh iadsan le 'cheile,
Gheibh sinn ar n-éisgeadh 's ar cagnadh
Gu cinnteach ceart.

R.—Cur thusa srian ri do theangaidh
Na tarraing-bharra ri d' chàirean,
Mu 'n tòisich thu tuilleadh
Ri mo chinneadh—sa chàineadh,
No bheir mise Niall ruadh ann,
'S gu 'n doir mi tuarasdal dhàsan,
B' fhearr dhutsa bhi 'n uair sin
Anns an uaigh air do chàradh
Fo ùir 's fo cheap.

Rinneadh an t-òran so le Niall Mac-a-Bhiocair, Niall ruadh Mór. Bha 'n t-òran air a dheanamh mar gu'm b' ann eadar Ruairidh Domhnullach agus Gillesbuig Mac-Phàil,—dithis dhaoine còire nach do rinn ceathramh òrain riamh, ag aoireadh a chéile! Choinnich iad aig amhainn, ma b' fhor, fear air gach taobh dhi, agus thòisich iad air a chéile mar a tha 'n t-òran ag innseadh.

PEIGIDH PHABACH.

POSADH.

Air a cheud là de dh'Iulaidh, aig <eng>Hillside, Boularderie,<gai> leis an Urr. Daibhidh Drummond, Adam A. Mac-Coinnich, a <eng>Reserve Mines,<gai> is Agnes, nighean Fhionnlaidh Mhic-Leoid.

<eng>The Canadian Bank of Commerce<gai>

RIS AM BHEIL AIR AONADH
<eng>THE HALIFAX BANKING COMPANY.<gai>

Earras Paidhte \$8,700,000
Airgiod Taimh 2,500,000

ARD OFIS, TORONTO.

AN T-ONORACH DEORSA A. COX,
Ceann-Suidhe.

<eng>B. E. WALKER,<gai>
Ard Mhanager.

Ofis an LUNNAINN (Sasunn) aig 60 <eng>Lombard St., E. C.
S. CAMERON ALEXANDER, Manager<gai>

Ofis an NEW YORK aig 16 <eng>Exchange Place,
WM. GRAY agus H. B. WALKER, Agents.<gai>

Tha ceud is ceithir meur dhe'n Bhanca so air feadh Chanada is nan
Staidean Aonaichte, am measg am bheil an àireamh a leanas anns na
Roinnean Iochdrach.

<eng>HALIFAX, H. N. Wallace, Manager.
Amherst Antigonish Barrington
Bridgewater Canning Lockeport
Lunenburg Middleton New Glasgow
Parrsboro Sackville St. John
Shelburne Springhill Sydney
Truro Windsor<gai>

Gach seorsa gnothuch banca.
Ceannaichear is reicear airgid is notaichean Breatunnach.
Gheibhear Litrichean Creideas de 'm faodar feum a dheanamh ann an
cearna sam bith dhe 'n t-saoghal.

BANCA CAOMHNAIDH.
Tha Banca Caomhnaidh a nise fosgailt aig gach meur dhe 'n bhanca.
Gabhar suim sam bith air riadh, eadhon suim cho beag ri aon dolar.

Meur ann an Sidni.
<eng>P. C. STEVENSON, Manager.<gai>

ANNS AN STOR UR
LE STOC MOR DE DH
Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula
ANN AN TOGALACH MHC GUAIRE
air Sraid Shearlot.
<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

[Dealbh]

Bidh fìor chomhfhurtachd agad 'nad dhachaidh nuair a bhios gach airneis us grinneas air a thaghadh le rian agus tuigse. Agus 's e 'n ceud ni is coir aire fhaotainn am brat-ùrlair a theid air na seomraichean. Gheibh thu againne

Brat-ùrlair is Airneis

dhe na seorsachan a's fhearr, agus gach ni eile air an cuir thu feum air son breaghachd do thaighe.

Cuir a dh' iarraidh Leabhraib anns am bheil gach ni a tha sinn a creic air ainmeachadh. Paighidh sinn faradh do chearna sam bith de Cheap Breatunn.

<eng>Gordon & Keith, A. T. GRANT, Manager.

SYDNEY & LOUISBURG R'Y.<gai>

TIM CHLAR.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh' Iun, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 7.59 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.35 a. m.

A fagail Shidni aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 9.43 a. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 10.35 a. m.

A fagail Louisburg aig 5.30 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 6.21 p. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 7.00 p. m.

A fagail Shidni aig 8.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 9.30 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

Mac-Talla.

Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.

Bliadhna, \$1.00

Tri Miosan, .30

Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an <eng>New Zealand,<gai> 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu <eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,

Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 9]

[Vol. 12. No. 2. p. 1]

MAC-TALLA.

“An ni nach cluinn mi an diugh cha ’n aithris mi maireach.”

VOL. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, IULaidH 24, 1903. No. 2.

Thug an cònsachadh a bha air a chumail air adhart o chionn ghoirid le “Mac Eanruig,” “Iain,” is “Cona” toileachadh nach bu bheag dhuinn. Bhiodh e na ni ciatach na’m faighte aon riaghailt air-son sgrìobhadh na Gàilig, agus cha’n eil teagamh againn nach deanadh tuilleadh cònsachadh dhe ’n t-seòrsa so cuideachadh le sin a thoirt gu crìch. Tha an caochladh dhòighean a tha sgoilearan a’ cleachdadh a’ litreachadh na Gàilig a’ toirt am misnich o fhoghlumaichean òga, agus na aobhar air moran dhiu a bhi sgur dhe ’sgrìobhadh. Tha àireamh mhor de na facail air an sgrìobhadh ’san aon dòigh leis gach sgrìobhadair Gàilig air am bheil eòlas againn; ach a thaobh moran eile de na facail tha gach sgrìobhadair a’ deanamh an ni sin a chi e-fein iomchuidh. Gheibhear giorrachadh air “agus” ann am barrachd ’s an da chruth mu’n robhas a’ cònsachadh. Chithear air uairean “a’s” air a chleachdadh mar gu’m bu litrichean-meadhoin an fhacail a bhiodh air am fàgail as. Tha gach aon diù so ceart gu leòr, a reir barail an neach do’n tachair a bhi ga ’n sgrìobhadh; ach bhiodh e moran na b’ fhearr do’n chainnt na’n aontaicheadh na sgrìobhadairean uile air aon litreachadh a leantuinn.

Tha facail eile tha cheart cho tric ri “is” air an litreachadh air caochladh dhòighean. Chithear an da fhacal, “cha’n eil” ann an iomadh cruth, “cha’n eil,” “chan eil,” “chan fheil,” agus “cha’n ’eil.” “Agus tha am facal “air-son” air a sgrìobhadh “airson,” “air-son,” agus “air son.” Cha’n eil iad so uile fad o’n aon rud, ach tha iad fada gu leòr gu sgrìobhadairean òga a chur air aimhreit, agus eadhon sgrìobhadairean a tha ’n deigh làithean an òige chur seachad. Tha cho liutha facal ann air bheil cho liutha seòrsa litreachaidh ’s nach eil e furasd’ eadhon do neach a tha daonnan a’ sgrìobhadh riaghailt sam bith a leantuinn gun a bristeadh.

Bhiodh moran doirbheadais air a sheachnadh ann an sgrìobhadh Gàilig na’m biodh na sgoilearan deònach na bu lugha feuma dheanamh de’n <eng>apostrophe.<gai> Tha ’m punc beag sin a’ deanamh culaidh-eagail de litreachadh Gàilig. Tha e feumail gu leòr ann an àiteachan, ach thatar ga chur ann an iomadh àite anns nach eil e deanamh feum sam bith, ach cron. Theirear gu bheil e nochdadh na dòigh air an robh a’ chainnt aon uair air a labhairt. Tha sin ceart gu leòr ach ’se tha leughadair an la an diugh ag iarraidh cainnt an la an diugh, agus is coma leis dhe bhi cumail a sinnsireachd daonnan fa chomhair. Ma bheir an litreachadh dha ainm facail, fòghnaidh sin leis; cha’n eil

e 'g iarraidh a shloinnidh.

Ann am baile-mor Philadelphia tha miltean de chloinn eadar ochd is deich bliadhna dh' aois ag obair còir is deich uairean de na h-uile latha. Tha an lagh a' bacadh gille no nighean a chur ri obair-latha gus am bi iad tri bliadhn' deug a dh' aois; ach tha 'n lagh air a chur an neo-bhrìgh. So ann an "tir an t-sluaigh shaoir agus dachaidh nan treun"! Na'm b' ann an Canada no am Breatunn a bhiodh a leithid, nach bu tric a ghabhadh ar cluasan teas ag eisdeachd ris na bhiodh aig na paipeirean Geancach ri radh mu dheidhin.

Chaidh an soitheach-smùide Monterey a bhristeadh faisg air St. Pierre. Bhuail i an creig 's i air a dhol air seacharan ann an ceò. Bha i 'seòladh eadar Montreal is baile-mor Bhristol, an Sasuinn, agus bha thairis air mìle ceann cruaidh air bòrd aice.

Chaochail am Pàp Leo XIII feasgar Di-luain s'a chaidh, aig aois ceithir fichead is tri bliadhn' deug. Cha robh a bhàs gun dhùil ris. Bha e tinn o chionn beagan ùine air ais agus o chionn seachduin no deich latha cha robh dòchas ri e dhol am feobhas. Bha e na phàp beagan thairis air coig bliadhna fichead is coig mìosan. Re na h-ùine sin nochd e gliocas agus géiread inntinn a choisinn cliù mor dha. Nuair chaidh a thaghadh, cha robh cùisean anns an Ròimh ach gle thrioblaideach, agus b' esan a bha na mheadhoin air an toirt gu bhì cho sìochail agus cho réidh 's a bha iad o chionn aireamh bhliadhnachan air ais. Mar ard-cheann na h-Eaglais Chaitlicich, bha e riamh iarrtach air sìth is deagh-ghean a bhì eadar na dùthchannan a bha 'g aideachadh a chreidimh Chrìosduidh; agus bha luchd-ionaid as gach dùthaich gu tric ga thadhal. Mar dhuine bha e iriosal, càirdeil, agus daonnan deas gu caoimheas a nochdadh ri bochd no ri beartach. Bidh ionndrain mhor air anns gach cearna de'n t-saoghal.

Tha sinn a' cluiuntinn gu bheil fear Caiptean Blackburn a' cur bheannachdan gu muinntir Shidni, agus ag radh nach eil e dol a dheanamh turus-fairge gu bràth tuilleadh. An e so an seòd air an d' thug sinn iomradh roimhe, a bha anns a bhaile fad seachduin ag iarraidh tasdain air gach aon aig an robh toil sealladh fhaotainn de'n bhàta anns an robh e dol a sheòladh do'n Roinn-Eòrpa? Faodaidh an Caiptean a bhì dhe'n bharrail nach eil MAC-TALLA ga 'dheanamh fein cho fiosrach mu ghniomharan euchdach 's mu dhaoine mora an t-saoghail 's bu chòir dha; ma thòisicheas e ri tilgeadh an aineolais oirnn feumar gabhail ris. Tha fios againn cìod is ainm do Iompaire na Gearmailt, do Rìgh Bhreatuinn, agus do Riaghladairean na Frainge 's nan Stàidean; ach ainm a' churaidh a dh' fhàg Sidni le bàta beag gu dhol thairis an cuan-mor, agus a ràinig cho fada ri Sidni Tuath, gu dearbh 's gu deimhin tha sinn air a thur dhìochuimhneachadh.

Air a' bliadhna a chrìochnaich leis a mhios a dh' fhalbh, b'e teachd-a-steach Newfoundland da mhuillion is da cheud gu leth mìle dolair. B'e so an t-suim bu mhò a thainig a stigh ris an dùthaich an aon bhliadhna riamh; bha e leth-cheud mìle dolair os cionn teachd-a-steach na bliadhna roimhe sin. A dh' aindeoin àireamh mhor dhe'n t-

sluagh a bhi 'fàgail Newfoundland 'sna bliadhnachan so, tha soirbheachadh mor air an dùthaich. Tha an t-iasgach air an t-samhradh so gle ghealltannach.

Tha a bhreac fhathast ann an <eng>Sydney Mines,<gai> ach tha i nis air sgur a sgaoileadh 's iadsan a bha tinn leatha air dhol am feobhas. Bha aon duine tinn leatha ann an Sidni Tuath air an t-seachduin s'a chaidh. Tha àireamh na'n laidhe tinn leis an easlaint cheudna ann an Amherst, N. S. Tha i na h-easlaint a tha doirbh a cur as gu buileach, ach gu fortanach cha'n eil timchioll an àite so ach meur gle aotrom dhi.

Tha an t-Onarach A. G. Blair an deigh a dhreuchd san àrd-riaghladh a leigeil bhuaithe. Cha robh e còrdadh ris na ministeirean eile a thaobh nan cumhachan air an robh iadsan deònach an rathad iarunn ùr a thogail o thaobh gu taobh de'n dùthaich, agus air an aobhar sin dh' fhàg e iad.

Bha an duine comasach a tha 'na Cheann-Suidhe air co-fhlaitheachd na Fraing anns an dùthaich so air an t-seachdain so; agus fhuair e fàilte is furan nach dìochnichear ré ioma latha. Tha sinn a' tuigsinn gu'm bi an fhàilte so 'na tlachd anns an Fhraing; agus 'na bann càirdeis eadar i féin agus Breatunn. Thug na Frangaich fàilte chridheil do ar Rìghne; agus is ann an lorg sin a tha an Ceann-Suidhe Loubet a' tighinn thar a' chaoil a dh' fhaicinn sluagh na dùthcha so agus a bhi a' nasgadh boinn cairdeis is malairt eadar an dà rìgheachd. Ann an làithean roimhe so bha cùisean a nis agus a rithist glé shearbh eadar iad féin agus sinne. Thàinig Diùc Frangach a nall o cheann córr is ochd ceud bliadhna; is 'na lorgsan thàinig gràisg uaislean is laghan ùra a tha 'nan trioblaid gus an latha 'n diugh. O'n àm ud chaidh na Breatunnaich a null uair no dhà; agus bha còmhstri gu leòir eatorra. Tha iad eòlach gu leòir air a chéile a nis no bu chòir dhaibh a bhi. Bha a ghnàth barrachd droch mhunadh eadar Sasunn agus an Fhraing, na bha eadar an Fhraing agus Albainn. Tha sinn duilich a thuigsinn nach urrainn M. Loubet tighinn a dh' Albainn air an turus so a chur 'nar cuimhne nan ceangal blàth a bha eadar an dà dhùthaich ioma linn roimhe so. Ach bidh deagh run nan Gàidheal 's nan Albannach an coitcheannas a' leantuinn an Ard Riaghlair so agus a luchd-dùthcha 'nan oidhirpean anmadail air son math an rìgheachd agus an t-saoghail gu léir. <eng>Oban Times, July 11.<gai>

Tha da phaipeir ann an siorrachd Inbhirnis aig an àm so a' cur a mach air a cheile gu dona. Cha'n eil coire sam bith ri fhaotainn do phaipeirean a thig gu connsachadh geur mu chùisean-riaghlaidh, no mu ni sam bith eile bhuineas do leas na dùthcha; cha'n eil sinn uile dhe'n aon bharrail, agus fhad 's nach eil, bidh àite connsachaidh ann. Ach is gnothuch mi-dhòigheil do fhear-deasachaidh a bhi 'gabhail ainmean air a cheile, 's gach fear a bhi 'g aithris a h-uile ni a shaoileas e bheir mi-chliù air an fhear eile. Bha sinn an dùil gu robh la a chàinidh 's an droch bheòil air a dhol seachad do phaipeirean-naidheachd na duthcha so, ach tha e gle choltach nach eil.

Tha rìgh Iomhar agus a Bhanrìgh Alexandra air an t-seachduin so a' cur cuairt air Eirinn. Rainig iad Bail-a-clìabh Di-màirt; tha iad ri fuireach an sin gu Di-sathuirne, nuair a theid iad gu Belfast. Bha ullachadh mòr air a dheanamh fa 'n comhair, agus chuireadh fàilte chridheil orra. Tha muinntir na h-Eirinn a' faotainn an dòigh fein gu math a thaobh cùisean fearainn air a' bhliadhna so; tha iad a' toirt creideis do'n rìgh ann an tomhas mòr air-son sin a bhi air a thoirt daibh, agus air an aobhar sin tha iad ga 'fhàilteachadh na's fhearr na rinn iad riamh roimhe.

Tha dòchas againn nach tig oirnn a bhi cur an cuimhne luchd-gabhail MHIC-TALLA gu bheil dolair 'sa bhliadhna ri phàidheadh air; agus nach eil àm dhe'n bhliadhna a's fhurasda pàidheadh a dheanamh na na mìosan so fhein nuair tha airgid pailt; agus gu'n toir na dolair fhaicinn a' tighinn a stigh gu pailt misneach mhor do'n fhear-deasachaidh 's do'n chlàdhadair; agus gu'n dean iadsan a tha 'g obair air a bhi toilichte feum nach beag do'n phaipeir.

[TD 10]

[Vol. 12. No. 2. p. 2]

Naidheachdan.

Bha spraidheadh ann am mèinn ghuail an stàid Wyoming o chionn da sheachduin air ais leis an robh trì cheud is ceithir deug air fhichead de na mèinneadairean air am marbhadh.

Chaochail an Onorach R. B. Dickey ann an Amherst, N. S., Di-màirt air an t-seachduin s'a chaidh, aig aois ceithir fichead is da bhliadhn' deug. Bha e na 'bhall de Shenate Chanada on chaidh na roinnean aonadh 'sa bhliadhna 1867.

Bha crith-thalmhainn ann an <eng>Cape Town,<gai> an Africa mu dheas, air an naodhamh la dhe'n mhios so. Cha'n eil crith-thalmhainn na ni neo-àbhaisteach 'san dùthaich sin, ach b'i sud aon cho trom 's a dh' fhairicheadh ann o chionn fichead bliadhna.

Tha an t-Urr. Alasdair Ros, ministear Hogamah, an deigh am parraist a leigeil uaithe. Tha e nis a' fàs sean, agus tha 'n obair ro-throm air a shon. Tha meas mòr aig muinntir a' pharraist air, agus tha iad duilich e bhi ga 'm fàgail. Tha sinn a cluinntinn gu bheil an coithional a toirt gairm do'n Urr. Alasdair Mac Gillfhinnein am Boston.

Thachair sgiorradh bàthaidh aig mèinn an Reserve Di-sathuirne s'a chaidh. Bha Ambrose, mac do Niall Mac Gillemhaoil air a bhàthadh ann an amar-uisge na méinne. Bha e fein is gille òg eile a buain shuibheag mu bhruachan an amair nuair a thuit esan ann, agus cha d' rainig cuideachadh gus an robh e ro-anmoch. Cha robh an gille ach na 'thri bliadhn' deug a dh' aois. Bhuineadh a phàrantan roimhe so do thaobh a deas a Bhagh an Ear.

Tha an t-uisge 's an t-side bhlàth a th' againn o chionn da sheachduin air ais an deigh feum mor a dheanamh do'n fheur 's do gàch seòrsa barra. Tha am fàs anabarrach bras anns an dùthaich so, agus tha na tuathanaich a nise gabhail dòchais nach bi cùisean cho fìor dhona 's a bha eagal orra bhitheadh iad. Ma bhios a chuid eile dhe'n mhios so agus toiseach an ath mhies fàbharrach, faodaidh e bhith nach bi am feur 's am bàrr fad air deireadh air mar a b' àbhaist.

Bha teas anabarrach ann an New York air an deicheamh la dhe'n mhios so. Bha ceithir fichead is trì air am bualadh leis a' ghréin, agus dhe 'n àireamh sin fhuair a sia deug air fhichead bàs. Ann an Canada bha teas mor an cuid de na bailtean, ach cha robh bàs air aobharachadh leis. An àm a bhi gearain air fuachd na dùthcha so, bu chòir dhuinn a chuimhneachadh gu bheil cearnan dhe'n t-saoghal anns am bheil deagh reusan aig an t-sluagh air bhi gearain air an teas.

Ann an Somaliland, air taobh an ear Africa, tha cogadh beag air làmhnan Bhreatainn o chionn àireamh mhios. Tha ceann-feadhna tapaidh ris an canar am "Mullach Caothaich" a' deanamh ceannairc na h-aghaidh agus a' cur trioblaid mhor air a h-arm. Bha blàr air a chur o chionn ghoirid anns an deachaidh còrr is mìle de luchd-leanmhuinn a chinn-fheadhna sin a mharbhadh, ach fhuair e fein teicheadh. Tha Somaliland na àite iomallach fad as, agus air an aobhar sin tha na naidheachdan a tha tighinn as air uairean neo-chinnteach.

Ann am Baile-Shearlot, air an ochdamh la dhe 'n mhios, bha Joseph Carver air fhaotainn ciontach de mhurt Alasdair Stiùbhairt, agus thugadh a mach binn bàis air. A reir na binne sin tha e ri bhi air a chrochadh air a cheud la de dh' October. Rinneadh am murt air an naodhamh la de dh' April. Bha Carver na sgalaig aig an Stiùbhartach, agus chaidh iad bhar a chéile chionn Carver a bhi fàgail 'obrach gun chead fhaotainn. An deigh na h-aimhreit, fhuair e gunna an iasad o fhear de na coimhearsnaich 's thainig e air ais 's thilg e a mhaighstir, ga 'ghrad mharbhadh.

Bha stoirm mhor thàirneanach is dealanach ann an siorrachd Inbhirnis da sheachduin air ais. Ann am Mabou bha da mhart le Domhnall Domhnallach air am marbhadh; bha an sabhal aig Murchadh Mac-a-Phearsain, air cùl Phort Hood air a bhualadh leis an dealanach; agus rinneadh milleadh mor air sabhal Iain Mhic-Fhionghain ann an Roseburn. Bha na tàirneanaich na bu truime na chualas o chionn iomadh bliadhna 'sna cearnan ud. Bha uisge trom a' sìleadh leis na tàirneanaich. Bha stoirm thàirneanach is dhealanach an taobh so dhe'n eilein cuideachd, ach cha robh i ach aotrom 's cha d' rinneadh call sam bith.

Chaochail am Breitheamh Armour ann an Sasunn o chionn ghoirid. Bha e air aon de na h-uaislean a bh' air an sònrachadh air-son cùisean a réiteach mu chrìoch Alasca. Bidh a chorp air a thoirt a nall do Chanada gu bhi air adhlacadh gu follaiseach air chosdus na dùthcha.

Chaidh seana bhean a losgadh gu bàs faisg air Digby, N. S., air an

naodhamh la dhe'n mhios. Thug i stigh ultach de shliseagan 's nuair bha i ga 'n cur air an teine ghabh a h-aparan: bha a cuid aodaich uile air a losgadh dhith, agus mu'n d' ràinig cuideachadh bha i marbh. Bha i pòsda aig fear Padruig Therieau; agus bhi i tri fichead is da bhliadhna dh' aois.

Chaochail an t-Urr Domhnall Mac-Griogair ann an Amherst, N. S. feasgar Di-sathuirne s'a chaidh. Bha e leth-cheud is tri bliadhna dh' aois. Fhuair e bhreith is àrach aig Loch Ainslie, 'san eilein so. Bha e suidhichte mar mhinisteir ann an Amherst o chionn fichead bliadhna. Bha meas mor aig a choimhthional air agus bidh e doirbh dhaibh duin' fhaotainn a lionas àite.

COLLA CIOTACH MAC GHILLEASBUIG.*

LEIS AN OLLA MAC FHIONGHAIN AN DUNEIDEANN.

(Air a leantuinn).

BIODH sin mar dh' fhaodas. 'Nuair a thainig a' chomhstri eadar a' cheud Tearlach 's an sluagh gu h-aona-cheann, sgaoil Montròs bratach an rìgh an Albainn 's a' bhliadhna 1644, agus fhuair Colla Ciotach 's a dhithis mac an saorsa air doigh air chor-eigin. Thog Iarla Antruim mu dhà mhìle saighdear an aobhar a' chrùin agus chuireadh mu choig-ceud-deug dhiubh do dh' Albainn a chuideachadh Mhontròis. Fhuair Alastair Mac Colla comannda an fheachd so, agus tha Tormod Mac Leoid ag innseadh dhuinn 's an Teachdaire Ghaidhealach ciamar. "'Nuair a chruinnich Maithean na tìre a shomachadh cò a rachadh air ceann an Airm, bha dà fhìlath uasal Eirionnach aig an robh fiughair ris an urram sin, a thaobh meud an càirdean aig a' choinneamh. "Bu chòir," a deir ceann-mhath na cuideachd, "an t-urram a thoirt do'n ghàirdean as tréine an Eirinn, nam biodh fhios có e.'

'So e,' deir Alastair, 's e tarruing a chlàidheimh, 'a dh'aindeoin cò theireadh e.' 'C'aite bheil an t-ath-ghàirdean,' a deir an Ceann suidhe? 'So e,' deir Alastair, 's e tilgeadh a chlàidheimh 'n a làimh chli. Cha do chuir duine 'n a aghaidh, agus fhuair Alastair a bhi 'n a cheann-feadhna air a' chuideachd." Is docha gu'n robh cainnt de'n t-seorsa so am beachd Diorbhail Nic-a-Bhrithuin nuair a sheinn i:

"Alastair, a laoigh mo chéille,
Cò chunnaic no dh' fhàg thu 'n Eirinn?
Dh' fhàg thu na mìltean 's na ceudan,
'S cha d' fhàg thu t' aon leithid fhéin ann!

Buinidh cogadh Mhontròis is Alastair Mhic Colla do dh' Eachdraidh na h-Alba 's gu sonruichte do dh' Eachdraidh na Gaidhealtachd, agus cha'n e mo ghnòthach sgeul a chur orra. Dhearbh Alastair a ghaisge 's a theòmachd 's a' chogadh so, agus bha a' bhuaidh aige gus an do shàth e a bhratach ann an Gocam-gò. Ma's e farmad-cùirt is mi-run a thug air Montròs dol troimh mhonaidhean Pheairt is Earraghàidheal an dùbhlachd a' gheamhraidh a thoirt sgrios air dùthaich Mhic-Cailein,

bu shuarach an t-aobhar e. Bha leithsgeul a b' fhearr aig Alastair Mac Colla. Cha bu ruith leis-san ach leum dol latha sam bith de'n t-seachduin air an turus cheudna. Agus feumar aideachadh gu'n robh ainfhiach trom aig na Domhnallaich, agus gu sonruichte aig càirdean Alastair, air na Caimbeulaich 's air Mac Cailein, ged nach cuir sinn ar n-aonta ris an dòigh ghairisnich air an d' thug 'fear tholladh nan tighean' a mach dioghaltas.

Tha e air a radh gu'n robh Colla 's a dhithis mac, Gilleasbuig is Aonghus, anns gach blàr a chuir Alasdair le Montròs. Cha'n 'eil dearbhadh agam nach 'eil so fìor. Ach dh' iarrainn dearbhadh gu bheil, mu'n làn-chreidinn e. Co-dhiù tha seanachas air gu'n d' fhuair iad ùine is cothrom air cogadh 's air creachadh anns na h-Eileanan 's air Tìr-mòr 's na bliadhnachan so. Ghabh Mac Cailein seilbh an Colasa, gun chòir sam bith 's a' cheud dol a mach, cho fhad 's is léir dhomh, ach an làmh-làidir. Chuir e, ma's fhìor seanachas an Eilein, fear Domhnall Ballach Mac Eòghain 'n a fhear-ionaid do Cholasa. Bha 'reachd a' Bhàillidh' cruaidh da rìreadh an Colasa ri linn Dhomhnaill Bhallaich, gu sonruichte air bochdan, air bantraichean, 's air dilleachdain. Eadar màl is mòd, càin is cìs cha robh a bhi beò aig an t-sluagh. Chuir am fhear-sàrachaidh so càin air maorach a' chladaich. Chaidh Aonghus Mac Colla 's a dhaoine air sgriob do'n Eilean, cha'n 'eil iomradh có bhliadhna, ach b' ann ri linn cogadh Mhontròis. Thachair bantrach bhochd orra 's a h-aona mhart aice an ceann taoid, a' dol a phaigheadh an daimh-ursann ri Domhnall Ballach. Dh' innis i a sgeul. "Till thusa dhachaidh," ars' Aonghus, "socraichidh mise chùis ri Domhnall Ballach." Ràinig e fhéin 's a ghillean Orasa, far an robh am Bàillidh a' fuireach. Chaidh iad a steach, Thairg Domhnall Ballach snaoisean do dh' Aonghus. "A bheil iteag agad?" [s e sin, air son an t-snaoisein], ars' Aonghus. "Cha'n 'eil iteag agam" [s e sin, comas itealaich], fhreagair Domhnall Ballach, "na'm bitheadh, cha robh mi romhadsa an so an nochd." Cha robh tuilleadh seanachas eatorra. B' fhearann-eaglais Orasa, 's bha tearmunn aig a' chiontach a bu duibhe aon uair 's gu faigheadh e seachad air Crois-an-tearmuid a bha 'n a seasamh iomadh linn am meadhon na faodhlach eadar Colasa is Orasa. Ach cha shàbhaladh adharc na h-altarach fhéin Domhnall Ballach. Cha chuireadh na daoine an-ìochdmhor gu bàs an Orasa e. Thug iad thar na faodhlach e, cheangail iad e ri carragh cloiche a tha fhathast 'na sheasamh air Leana-na-Eaglais ann am Baile-raomuinn-mòr, chuir iad seachd peileirean ann 's chuir iad fios gu Mac Cailein nan cuireadh e leithid Dhomhnuill Bhallaich a rithisd do Cholasa gu'n deanadh iad an aon ghiullachd air. Rinn Aonghus 's a chuid daoine creachadh is milleadh mòr an Ile. Bha athair is Gilleasbuig a bhrathair an neo-ar-thaing cho dian 's cho dioghaltach air Tìr-mòr.

Cha 'n eil fios ro chinnteach ciod e a ghluais Alastair Mac Colla 'nuair a dhealaich e ri Montròs mar a rinn e. Is dòcha nach robh e fhathast sgìth de chasgradh nan Caimbeulach. Co-dhiù 's ann air fearann Mhic Cailein a thug e aghaidh. Is ann air an turus so a bha e aon mhaduinn bhòidheach chéitein 'nuair a stad e fhéin 's a chuid daoine gus an deantadh deas am biadh-maidne. Shàth e a bhratach ann an cnocan gorm, agus dh' fheoraich e cia b' ainm dha. "Gocamgò," thuirteadh ris. Thainig fàisneachd a mhuime 'n a chuimhne, agus

tuilleadh fuireach cha deanadh e. Dh' fhàs cridhe a' ghaisgich nach d' thug a chùl riamh ri nàmhaid mar chridhe leinibh. Cha robh sùil air creachadh; cha robh feitheamh ri Leslie a bha nis air a shàil. Troimh Chinntire ghabh e. Dh' fhag e cuid d' a dhaoine an Dùn-àbhartaidh, 's thug e Ile air. Dh' fhàg e mu dhà cheud saighdear an Dùn-naomhaig fo chomannada athar, Colla Ciotach, 's chaidh e thairis do dh' Eirinn. Mu'n gann a ruith am foghar chaidh a

* Leughadh am paipeir so do Chomunn na Gàidhlig an Lunnainn air an aona-la-fichead de'n Chéitein, 1903.

[TD 11]

[Vol. 12. No. 2. p. 3]

mharbhadh am blàr Chnoc-nan-os. Bha Alastair Mac Colla pòsda air aon de nigheanan Mhic Alastair, Tighearna nan Lùb. Dh' fhàg e teaghlach, 's tha a shliochd fhathast maireann, cuid diubh an inbhe urramaich.

Lean Leslie is Mac Cailein air luirg Alastair Mhic Colla troimh Chinntire. Gheill caisteal Dhùn-àbhartaidh le cion uisge. Chuireadh na saighdearan gu bàs gu h-an-iochdmhor, air comhairle ministear Gallda bha leantainn an airm, their cuid, 's le deòin Mhic-Cailein, their cuid eile. B'e oighre Tighearna nan Abhanna [Sanda] aig an robh comannada a' chaisteil. Chaidh e fhéin is athair, a bha leis 'san Dùn, a mharbhadh, ach fhuair a bhan-altruim comas teicheadh leis an leanabh-oighre do dh' uamha an aodann Maol Chinntire, far an d' fhan i gus an robh an tòir seachad. O Dhùn-àbhartaidh chaidh Leslie 's Mac-Cailein gu Dùn-naomhaig a bha fo dhìon Cholla Chiotaich. Ghéill Colla air chùmhanta gu faigheadh na bha 'san Dùn an saorsa. Dh' aontaich Leslie. 'Nuair a bhatar a' sgrìobhadh nan cumhachan, thainig Colla mach as a' chaisteal a chainnt ri Mac Aonghuis an Dùin ('s e sin Dùn-sta'innis), fìor-charaid dha, ged bu Chaimbeulach e. Rinn Leslie gu grad greim air Colla, 's chuir e an làimh e, "gnìomh," thuirt Turner," a chuir smal air cliù Leslie." "Bha eilean sgreabach eile an Ile," tha Turner ag ràdh, "fo chomannada mac dìolainn do Cholla, ach leig sinn leis-san a bhi dol." B' e so Eilean Locha Guirm. Ghlacadh Gilleasbuig Mac Colla an Sgibnis agus Aonghus Mac Colla an Dùn-naomhaig, ma tha 'n fhirinn aig Hill; agus chaidh an dithis a chrochadh. Cha'n 'eil iomradh gu'n robh aon diubhsan pòsda.

Tha cunntas na's cinntiche mu chrìoch Cholla. Thugadh thairis 'na phrìosanach e d'a charaid, Mac Aonghuis an Dùin. Nochd an Caimbeulach uasal so gach uile chaoimhneas do'n t-seann laoch, 's thug e cead do Cholla bhi dol mu'n cuairt, air fhacal nach teicheadh e. Fhuair Mac Cailein rabhadh mar bha cùisean. Thuit do Mhac Aonghuis a bhi an Inbher-aora, agus dh' fheòraich an t-Iarla dheth an robh Colla fo gheimhlean. Thuirt Mac Aonghuis gu'n robh. Fhreagair Mac Cailein, "Ma gheibh mise mach nach 'eil, dìolaidh tusa air." Chaidh teachdaire á Inbher-aora a dhearbhadh a' ghnòthaich. Ach chuir Mac Aonghuis air falbh a cho-dhalta fhein, Mac-Philip, le

òrdugh teann e ghabhail gach ath-ghoirid a los a bhi air thoiseach air teachdaire an Iarla. Ràinig Mac Philip an Dùn-beag 's ghlaodh e, airde chinn, thar an locha "Colla fo gheimhlean, Colla fo gheimhlean." 'S e latha sèimh, grianach foghair a bha ann. Bha Colla a mach air an achadh buana, gu dichìollach ag adagachadh an déigh nam buanaichean. Chuala e an glaodh, 's thuig e e. Dh' fhàg e an t-achadh air a shocair. Chaidh e steach d' a chùil; chuir e na geimhlean air a chasan le a dhà laimh fhéin; 's bha e 'na phrìosanach daingean, tearuinte, an iarunn, 'nuair a rainig teachdaire Mhic-Cailein. Thugadh binn a bhàis a mach. B' e Tighearna nan Ard ceann-suidhe na cùirt; 's cha bhiodh fuighair ri tròcair uaithe-san.

Agus tròcair no tròcair cha 'n iarradh Colla air. Bha bàs an t-seann duine an dlùth-chòrdadh r'a bheatha, riasgail, doirbh; gun fhiamh, gun sgàth. "An-robh thu aig Inbher-lòchaidh?" dh' fheoraich Mac-Mhic-Eoghain dheth aig a' chùirt. "Air mo bhaisteadh, a bhodaich, 's mi bha, agus rinn mi barrachd sgath 'san teugbhail na rinn thu fhéin," fhreagair Colla le spìd. Bha e riamh ro dhéigheil air snaoisein, agus b' e aon iarrtas gu'n adhlaichteadh e cho dlùth do dh' uaigh Mhic Aonghuis, 's gu'm biodh snaoisean aca le chéile air uairean, 'nuair a rachadh a sheana charaid fo'n fhòid. 'S e seanachas na dùthcha gu'n do chrochadh Colla ri crann a bhirlinn fhéin a chaidh a shineadh eadar dà chreig thar geodha cùl caisteal Dhùn-sta'innis, 's gu'n do thiodhlaiceadh e mar dh' iarr e ann an Eaglais bhig a tha nis comhdaichte le eidhinn ann an tom coille dlùth do'n t-seana chaisteal, far a bheil àite-adhlacaidh teaghlaich an Dùin.

'N ar latha-ne choisneadh an duine treubhach so cliù dha fhein is urram d'a dhùthaich. 'N a latha fhein fhuair e an t-ainm, ach gun an tairbhe. Dalta mhòran eile cha robh cliù a dhùthcha ro thrìc 'n a aire bheachd. Cothrom dhaibh fhéin 's d' an càirdean; anacothrom d'an naimhdean, b'e sin an creud uile. Thoill gnìomharan Cholla Chiotaich peanas trom; ach bha bhàs, 'n a sheann aois, 'na mhasladh mòr d'a naimhdean. Chaill e a bheatha a chionn gu'n do chuir e earbsa ann an onoir Leslie 's Mhic-Cailein.

(A' chrìoch.)

EOBHAIN BAN MAC AN T-SAIGHDEIR.

LE SEUMAS N. MAC FHIONGHAIN.

CAIB. X.

AN T-OSDAIR DUBH FO EAGAL A THIONNDAIDH GU AOIBHNEAS-MALAIRT AN DROCH MHARGADH-AS AN TEINE DO 'N GHRIOSAICH.

MADUINN ghreannach 'sa mhios Mhàrt. Tha gaoth làidir fhuar a séideadh o'n ear-thuath a fuadach nan neul ghlasa, thiugha na 'n armailtean a nuas bhar mullach nam beann. Tha nàdar ri osnaich bhrònach troimh bhàrr nan craobh, 's am fraoch crasgach, tioram,

donn 's am feur seacte a' cromadh an cinn fo anail iùnnraiseach nan speur. Tha na beanntan mora air faireadh, ag amharc na 's ìsle na b' àbhaist, mar gu 'm biodh iad ga 'n clùthadh fhéin 's ag amharc air-son fasgaidh o na siantan faoillich so. Gun teagamh cha robh 'n latha taitneach air-son cuairtearachd, 's cha bhiodh fear sam bith a' triall a phuill 's an eabair ga 'dheoin.

B' ann mu dheich uairean air an latha so a chù sinn triùir mharcaichean a tearnadh Ghlinn Duibhre air an rathad á Bail'-an-iubhair. Ràinig iad mu dheireadh dorus a' mhuileann duibh, 's a tighinn gu làr thug am fear a bh' air thoiseach dararaich le làimh na cuipe air an dorus a thug an t-òsdair dubh fhéin ga 'ionnsuidh. Amhrusach, eagallach daonnan, chuir e nis a shùil ris an toll, ach o'n a bha 'n duine cho faisg cha 'n fhaiceadh e mòran, 's mar sin dh' fhosgail e 'n dorus gu fàillidh. Dh' fhàs a bhilean glas agus chrithnich e, an uair a chunnaic e 'n àireamh, 's bha e gu cabhagach a dol ga 'dhùnadh, an uair a chuir am fear a bhuaile a ghuala mhor eadar an dorus 's an ursainn.

"Air do shocair, a charaid; air do shocair! Tha mi smaointinn nach cleas Gàidhealach an dorus a dhùnadh an aodann a choigrich; agus ma theid agad air biadh a thoirt dhuinn fhìn 's dha na h-eich, pàidhidh sinn gu math thu 's cha chuir sinn an còrr dragha ort."

Cha robh an t-òsdair dubh ag amharc toilichte, ach o nach b' urrainn dha an còrr a dheanamh dh' éibh e air Uilleam gus cùram a ghabhail dhe na h-eich, agus thug e gu h-aindeonach cuireadh dha 'm maighstirean tighinn a steach. A faicinn an ceann ùine nach e fhein an cuspair a bh' air an aire, dh' fhàs e na b' fhosgarra, is na bu dàine air an cuideachd. Thuig e gu 'm bu mhaoir iad, agus o 'm briathran gu 'n robh rudeigin aig an turus ri dheanamh ri Caiptean Adam. A leigeil fhaicinn dhaibh nach robh moran gaoil aig' air a' chaiptean, an uair a thuig e beagan mu cheann an turuis, fhuair e a mach an còrr mu 'n chùis.

Thachair beagan ùine roimhe so gu 'n d' thàinig uasal òg air chuairt do Bhail'-an-iubhair, aig an robh, a réir choltais, barrachd de dh' òr na bh' aige de dh' eanachainn. Fhuair Caiptean Adam greim air, agus 's e am bun a bh' ann, reic e oighreachd a' Bheallaich ris an amadan bhochd, a toirt dha còraichean bréige air an fhearann, air an deanamh suas gu laghail le companach a bha ma b' fhior na fhear-lagha. Fhuair e suim mhor airgid uaithe, 's chaidh e an uair sin á sealladh mar gu sluigeadh an talamh e. Ach an uair a rinn an luidealach air-son seilbh a ghabhail air an oighreachd, fhuair e a mach gu 'n robh e air a spionadh 's air fheannadh gu tapaidh, oir bha 'm fearann 's gach ni air uachdar seachad air an luach an ainbheach, 's cha robh sian a chòir aige fhein no aig a' chaiptean chòir orra. B' ann a dol a sheuladh nan dorsan an ainm an lagha a bha na fir, 's a dol a chuir air falbh an luchd-muinntir truagh nach d' fhuair riamh air-son an seirbhis ach geallaidhean bòidheach, briathrach.

Faodar a thuigsinn dé 'n toileachadh a thug so do 'n òsdair dhubh. Thug e nuas am fìon a b' fhearr agus lion e glaineachan nam maor a

rithist agus a rithist, a' cur iognadh nach bu bheag orra le 'fhialachd an déigh na chual iad mu dheidhinn air an rathad. Chaidh an iognadh an àm falbh thar tomhais, oir cha ghabhadh e sgillinn-cha ghabhadh, cha ghabhadh. O'n a bha e cho coimhneil, am biodh e cho math 's gu 'n cuireadh e air an rathad dhòigheil iad? O, is ann a dh' fhalbhadh e ga chois còmhla riutha, troimh 'n pholl 's troimh 'n eabar, gus am fàgadh e aig na geatachan iad-'s ann gu dearbh-car bu docha leis a rinn e o chionn fada, ged a ruigeadh am poll bann na briogais dha! 'S e sin a rinn e. Dh' fhàg e na maoir air a chnoc mu choinneamh taigh a' Bheallaich, agus air dhaibh sealltainn na 'n déigh, bha e mar bhodach-feannag eadar iad is leus, gu h-aotrom a' dannsa 'sa gearradh staileagan ris na speuran iùnnraiseach.

An uair a chaidh na maoir á sealladh, shuidh an seann òsdair air a chnoc ged a bha e fliuch, oir bha e sgìth le thurus, 's cha do chuidich an dannsa leis, ach bha e subhach, fìor shubhach, 's cha b' urrainn dha 'chumail sìos. Rinn e gàire mòr tùchanach, agus bha e tarraim analach gus fear na bu mhotha dheanamh, an uair a chual' e gàire cridheil air a chùlaobh.

“Ha, ha! a Dhùghaill, a charaid, nach sinn a tha subhach! Feumaidh gu 'n cual' thu naigheachd bàis cuideigin! Ha, ha, ha! An ann a tighinn air chéilidh orm a bha thu? Is bochd nach rachadh agam air cuirm a dheanamh dhut na 'm chaisteal, a dheagh charaid! Bu tu fhéin an dannsair aotrom! Cha 'n fhaca mi riamh d' àicheadh! B' fhearr leam an sealladh agus a choinneamh so na oighreachd a' Bheallaich!”

Chruinnich aodann an òsdair gu chruth àbhaisteach gu luath, 's a tionndadh a chinn mar gu 'n deanadh ian, chunnaic e le uamhas Caiptean Adam mu choinneamh, agus leis an iognadh cha do smaointich e air éirigh, ach chum e 'shùil air gun bhriobadh fhad 'sa bha e bruidhinn ris mar so.

“Ha, ha, 'charaid, tha mi faicinn gu bheil iognadh ort, oir bha thu smaointinn gu 'n robh thu cuibhtean mi gu bràth. Ach bheir so rabhadh dhut gu 'n gu bràth iollach ait a dheanamh gus am bi thu mach as an dris.”

Dh' fhosgail an t-òsdair a bheul agus ghlaodh e àird a chlaiginn, ach am briobadh na sùla bha daga aig Adam ri clàr aodainn.

“Fosgail do bheul a rithist agus bidh tu an àite na 's dorcha na chunnaic thu riamh, ged a tha e na 'fhacal mòr, mu 'm bi thu cóig mionaidean na 's sine. Ach eirich, a charaid, agus cuir d' aghaidh air Gleann duibhre, agus leanaidh mis' thu, oir tha mi dol ga 'm chuireadh fhìn còmhla

[TD 12]

[Vol. 12. No. 2. p. 4]

riut dhachaidh, agus an uair a ghabhas sinn deagh bhiadh, gabhaidh mi an t-each donn a chuala mi a cheannaich thu o chionn ghoirid, 's

cha chuir mi 'n còrr dragha ort. Agus ma thogras tu an uair sin faodaidh tu 'n gàire chriochnachadh air an do thòisich thu 'sa chaidh a thachdadh cho sgiobalta."

Dh' eirich an seann òsdair agus ghabh e air thoiseach mar a dh' iarr an caiptean air. An uair a thainig iad gu Allt-nam-breac bha ion-thuil air, 'san t-uisge a sior éirigh na b' àirde a h-uile mionaid. Bha 'n t-òsdair a' dol a ghabhail a mach, ach chuir a chompanach a làmh air a ghualainn.

"A nis, a charaid," ars' esan, "cha ruig sinn a leas ar casan a fhliuchadh le 'chéile, agus mar sin bheir mi dhut a dh' urram mo ghiulan air do mhuin thun an taoibh eile." Le so a ràdh chaidh e air muin an òsdair, agus ars' esan, air dha e fhein a shocrachadh 'sa chasan a chrupadh gu math, "A nis, a' sheann eich, cuimhnich air a chuip," 's e aig a cheart àm a' cur na daga fo shròin an òsdair.

Ghabh e mach gu fàillidh air a chlachan chorrach. Bha cleòca sgaoilte m'a ghuailean, air a chumail dùinte le aon phutan mor fo sgòrnan. Sheas e am meadhain an uillt. " O," ars' esan, "tha thu ga 'm thachdadh!" 'sa cur suas a laimhe dh' fhuasgail e am putan, 's am briobadh na sùla, mu 'n do smaointich a mharcaiche gu 'n robh dad fa near dha, leig e e-fhéin le plumadh sios far am bu doimhne an t-uisge. An uair a dh' fhairich Adam an t-uisge fuar m'a cheann a dùnadh, rinn e greim bàis air a cheud rud air an do ghreimich ìnean, 's an ath mhionaid bha e air fhàgail, agus seann chleòca an òsdair aige 'san doimhne. Mu dheireadh fhuair e greim air cloich mhoir chorraich, agus ga 'tharruinn fhéin suas sheall e mu 'n cuairt, ach cha robh sealladh aige air an òsdair, agus cha robh fios aige co-dhiù bha e marbh no beò, ged a shaoil leis, air dha bhi greis ag éisdeachd, gu 'n cual e fuaim mar ghàire magaidh a tighinn uige thar bhàrr an fhraoich. Bha Adam ann an so ùine mhor. Bheireadh e ionnsuidh an dràsda 'sa rithist air eirigh, ach gach uair a bhiodh e dol ga 'dhìreadh fhein rachadh a chlach air chrith 's bha e crùbadh sios gu fàillidh a rithist. Mu dheireadh dh' eirich an t-uisge cho àrd 's gu 'm b' fheudar dha 'n teicheadh a ghabhail ge b' oil leis, agus fhuair e a mach gur a miosa 'n t-eagal na 'n cogadh, agus nach robh stri chruaidh sam bith ann a faighinn gu talamh tioram. Air an ath mhaduinn bha 'n stàbull falamh aig an òsdair dhubh, 's an t-each donn, am bargan a fhuair e o'n chuairtear, a dhìth air, agus ged a ghreas e leis a bhrath thun nam maor, cha robh sgeul shios no shuas air a' chaiptean.

Aig an àm so bha féill mhath air gillean òga coltach air feadh Bhreatuinn thun na saighdearachd, agus Boni a rithist a feuchainn ris an Roinn-Eòrp' a chiosnachadh. Ann an cearnan car iomallach bhiodhte ga 'n toirt air falbh le làmhachas làidir an ainm an rìgh, gun am faighneachd. Bhiodh ofigich sheòlta falbh mu 'n cuairt a briagadh òganach aineolach mu na taighean-òsd', agus ga 'n ceangal ris an arm, le airgiod an rìgh a chur na 'n laimh, agus le iomadh beirt eile. Ann an àiteachan bha loingeas aca ris na cladaichean ga 'n togail 's ga 'n toirt o'n chrann, no o obair sam bith aig am faight' iad; agus gu h-àraidh na 'm faiceadh na h-ofigich sheòlta so gill' òg mor, coltach, agus coltas air a bhi gealltanach mar

churaidh treun, dheanadh iad stri chruaidh gus greim fhaighinn air.

Chual' an t-òsdair dubh gu 'n robh long dhe 'n t-seòrsa so ag iathadh mu chòrsachan an àite, agus dh' fhalbh e a dh' aon ghnothuch a dh' innse dhaibh mu 'n churaidh threun Eòbhain bàn mac an t-saighdeir. A cur crùn an laimh an t-seargeant ris an do bhruidhinn e, thuirt e ris: "Bidh mi na d' chomain gu bràth ma theid agad air greim fhaighinn air, oir 's e geall a th' ann eadar mi-fhìn 's e-fhéin, agus ma theid leam gheibh thu leth a ghill. Tha leithid de bharaill aig an òganach so air fhéin 's gu 'n duirt e rium 's sinn a bruidhinn mu 'n chùis, nach robh de dh' ofigich aig an rìgh na bheireadh e air falbh gun a làn thoil fhéin. Ach chuala mise mu d' dheidhinn-sa 's mu d' thapachd, agus 's e am bun a bh' ann gu 'n deach an geall a chur 's tha mis' an so." Dh' innis e 'n uair sin dha coltas Eobhain, agus c' àit' am faodadh e bhi 'g amharc air a shon, agus dh' fhàg e slàn aige.

Latha no dha na dhéigh so bha 'n sealgair a mach le 'bhàta 'g iasgach. Bha latha ciatach ann, agus mar sin chaidh e mach astar math o thìr gus faighinn dlùth do dh' eilein àraidh, a bh' air a chùinntais na dheagh àit' iasgaich. Ach tha iomadh lethsgheul aig an earrach air a bhi fuar agus aig an t-samhradh òg air a bhi caochlaideach, agus b' ann mar sin a thionndaidh an latha so. Shéid stoirm chas, ghàbhaidh, a ghlac an sealgair air an rathad dhachaidh, agus ged a chaidh e uair is uair na bheatha dlùth air a bhàs, cha deach e riamh roimhe cho dlùth air a ghàirdeanan fuara 'sa chaidh e na bhàta beag faoin, aig tràcair iùnnrais na speur is onfhadh beucach, gàbhaidh nan tonn luasganach, air an làth' ud. Leth mharbh le sgios, ag iomradh 's a taomadh, ràinig e mu dheireadh tìr bheannaichte. Tharruinn e, mar a their an seann sgeul, am bàt' a seachd fad fhein air talamh tioram, 's an sin air a chlaoidh leig e e-fhéin na 'shìneadh ri fasnadh taitneach 'sa bhagh air aghaidh na gréine, 's an ceann tacain bha e na shuain throm. Cha robh fios aige dé cho fad 'sa bha e ann, ach dhùisg e gu clis, air dha e fhéin fhaighinn ag éirigh o thalamh.

(Ri leantuinn.)

CLANN DUILLIGH.

B'E Eachann Ruadh nan Cath mac Lachainn Lùbanaich, mhic Eoin Duibh, mhic Ghillechalum, mhic Mhaoliosa, mhic Ghilleathain na Tuaighe, mhic Mhic-rath, mhic Mhaolsuthain, mhic Neill, mhic Chuduilligh, mhic Raing, mhic Sheann Dùghaill Sgàinne. Thuit Eachann Ruadh am blàr Harla 'sa bhliadhna 1411. Tha Eoin Dubh a tachairt oirnn an eachdraidh chinntich fo 'n ainm Eoin Mac Gille-eoin 'sa bhliadhna 1325. Tha 'athair a tachairt oirnn fo 'n ainm Maol-calum Mac Gille-eoin an 1296.

B' e Cuduilligh a cheud fhear de shinnsre Ghilleathain na Tuaighe a bha a chòmhnuidh an Earraghaidheal. Theirteadh mar sin Clann Chonduilligh ri 'shliochd. Bha a bheag no mhor de dh-fhearann aig Gilleathain fo Mhac-Dhùghaill Latharn', agus ghabh a shliochd 'ainm

mar an sloinneadh. Mar sin bha Clann Ghilleathain na 'n Leathanaich bho linn Mhaoliosa mac Ghilleathain.

Ri ùine dh' atharraicheadh Cuduilligh gu Conduilligh, agus Clann Chonduilligh gu Clann Duilligh. Mu dheireadh chuir an fheadhainn ris an abairteadh Clann Duilligh cùl ris an ainm sin gu buileach agus rinn iad Clann Mhic-Raing dhiu fhein. Bha 'n t-ainm so a taitinn riutha na b' fhearr, agus a bharrachd air a sin bha e làn fhreagarrach, oir bu mhac Cuduilligh do Rang.

Bha Clann Duilligh nam piobairean ainmeil. Bha oil-thigh aca an Cille-Bhreanain an Torloisgte. Bhiodh gillean òga a tighinn as gach cearn a dh-ionnsachadh piobaireachd ann. An déidh do Chlann-Ghilleathain Dubhairt a chall, thòisich e ri a dhol air ais. Anns a bhliadhna 1760—a bhliadhna mu dheireadh 'san robh e fosgailte—cha robh ann ach seachd foghlumaichean deug.

Anns an rann a leanas tha Iain Mac-Codruim a moladh Cloinn Duilligh agus a caoidh gu 'n dugadh an cuid fearainn bho Chloinn Ghilleathain:—

Nan cluinnt' ann am Muile
Mar dh' fhàg thu Clann Duilligh,
Cha b' fhuilear leo t' fhuil
Bhith air mullach do chinn:
'S i bu ghreadanta dealachainn
Air deas-laimh na h-armachd,
A breabadh nan garbh-phort
Bu shearbh a dol sìos.
Creach nach gann, sibh gun cheann,
Fo bhruid theann Sheorais,
Luchd nam beul fiara
G' ur pianadh 's g' ur fògradh;
Rinn iad le fòirneart
Ur còir a bhuin dibh.

'S e Conduilligh a b' ainm do 'n Mhac-Raing a bha na phiobaire aig Sir Iain Mac-Gilleain. Bha e aig blàr Sliabh an t-Siorra an 1715. Nuair a thòisich am blàr thug e a phiob do 'n ghille aige gus an aire thoirt oirre, agus ghabh e fhein a staigh do 'n bhlàr. Nuair a chuir an taobh air an robh e an ruaig air an naimhdean thill e a dh' iarraidh na pioba, ach cha robh i ri fhaighinn. Ghabh an gille ris an robh i an earbsa an t-eagal roimh na gunnachan agus ruith e air falbh. Rinn Lachainn mac Mhic Iain an Cola rannan an aghaidh na pioba, agus tha e a tilgeadh oirre gu 'n do theich i á Sliabh an t-Siorra.

'N Sliabh an t-Siorra beag dona so shuas,
An cuala sibh e?
Thug i leum air muin gille bhig ruaidh
Gu teicheadh o 'n bhlàr.

Tha e gle chinnteach nam biodh Lachainn Mac Mhic Iain a staigh sa bhlàr nach teicheadh e. Ach nan robh e na sheasamh far an robh an

gille beag ruadh, gun char aige ri 'dheanamh is na peileirean a feadaireachd mu chluasan, tha e duilich innse gu dé a dh' fhaodadh e a dheanamh.

Bha mac aig Conduilligh do 'm b' ainm Eachann agus bha mac aig Eachann do 'm b' ainm Eoghan. B' e Eoghan am fear teagaisg mu dheireadh a bha ann an oil-thigh na piobaireachd an Cille-Bhreanain. Bha e na eildeir anns an sgìre do 'm buineadh e. Tha 'ainm a tachairt ruinn an leabhar an t-seisein sa bhliadhna 1778. Chaochail e mu dheireadh na bhliadhna 1783. Chuireadh Eachann a mhac a staigh mar eildeir na àite. Dh' fhàg Eachann Muile sa bhliadhna 1804 agus chaidh e a chòmhnuidh maille ri piuthair dha ann an Grianaig. Bha Muile nam mor-bheann an nis gun phiobaire de Chloinn Duilligh, agus bha so na aobhar bròin do dh-ìomadh neach. Rinneadh òran air falbh Eachainn, ach cha chuala sinn dheth ach an rann so:-

Tha 'm dhìth, tha 'm dhìth,
Tha 'm dhìth gu buileach;
Clann Duilligh 's a phiob
Tha 'm dhìth gu buileach.
Nàm gleusadh nam piob
Bu bhinn an luinneag;
'S iad 'thogadh am fonn
Neo-throm 'sa chuideachd.

Bha mac aig Eachann Mac Raing do 'm b' ainm Niall. Chaidh Niall do Chola agus fhuair e baile fearainn ann. Phòs e Catriona Nic-Gilleathain, Catriona nighean Thearlaich mhic Eachainn. Bha cóignear chloinne aige, Eachann, Catriona, Eoghan, Conduilligh, agus Seonaid. Anns a bhliadhna 1776 bha da sgalaig agus searbhanta aige. Bha 'n dithis bu shine de chuid cloinne os cionn bliadhna air fhichead aig an àm sin, agus an triuir eile fo bhliadhna air fhichead. Bha e na

[TD 13]

[Vol. 12. No. 2. p. 5]

phiobaire aig tighearna Chola. Nuair a bha Alasdair Ruadh an reisimeid Morair Bhraid-Alba bha Niall Mac-Raing leis. Sguir Niall de 'n phiobaireachd mu 'n bhliadhna 1806. Chaochail e mu 'n bhliadhna 1819.

Dh' ionnsuich Conduilligh mac Neill a phiobaireachd, ach thilg e bhuaithe a phiob is thug e 'n t-arm air. Bha e sa chogadh an America sa bhliadhna 1812, agus dh' eirich e suas gu bhith na chauptin. Thill e do dh-Albainn an 1816. Phos e Mairearad Nic-Gilleathain, an Ceanna gharair am Muile an 1817. Thainig e-fein agus Eachann a bhràthair do dh-Eilein a Phrionnsa sa bhliadhna 1820.

Tha e air a radh gun robh Clann Mhic-Raing na'n daoine gle choltach. Tha an rann so co dhiu a cur sin an geill duinn.

C' àit a bheil anns a chruitheachd

Aon mhac mna thug ort urram,
Ann an uaislead 's an grinnead,
Ann an deirgid 's an gilid,
'Mach bho phearsa Chloinn Duilligh,
Is bho Phàdruig Mac-Cruimein?

A. M. S.

INNSEAN NA H-AIRDE 'N IAR.

RINN mi luadh cheana air Pickford agus Black, agus air na soithichean smùide 'tha iad a' seoladh eadar Halifacs agus na h-Innsean air am bheil mi 'deanamh iomraidh. Is coir duinn ann an Canada 'bhi fìor-thaingeil do na chuideachd ud, airson an eolais a tha 'nis againn-agus nach robh againn roimhe-air eileanan na h-àirde 'n iar. Anns an litir mu dheireadh a sgrìobh mi, rinn mi luadh air Bermuda, air Saint Kitts, agus air Nebhis, air Monseratt agus Dominica. Tha na h-eileanan fuasach cosmhuil ri 'cheile. Tha iad ag éiridh as a' chuan gu corrach, dìreach, àrd. Anns na h-aoisean liatha air nach 'eil againn fios no eachdraidh, chaidh na h-eileanan ud a thogail le neart loisgeach a bha anabarrach làidir 'us cumhachdach. Cha 'n ann gun dragh mor a ruigeas neach air bith meadhon nan eileanan. Am measg nan eileanan ud tha dithis a bhuineas do 'n Fhraing. Tha eòlas muladach aig an t-saoghal gu leir air Martinique, far an deachaidh iomadh mìle de dhaoine 'thachdadh agus a mharbhadh leis an teine 's leis gach teas 'us gach soirbheas millteach, bàsmhor a thàinig bho 'n Chnoc Pelee. Tha sàmhchair bhrònach, thiamhaidh a bhàis fathast glé fhollaiseach thairis air Saint Pierre, far an deachaidh iomadh fear 'us bean làidir, neo-sgathach a mharbhadh ann am priobadh na sùila. Tha 'n Cnoc loisgeach a' cur a mach gun tàmh toit 'us teine mar an ceudna. Tha moran sluaigh fathast a' tuineachadh air an eilean aig am bheil eachdruidh co fìor mhuladach. On tha luchd-àiteachaidh nan eileanan ud co min-eolach air fuaimean 'us tailmrich uamhasach ann an uchd na talmhainn, cha 'n 'eil moran eagail orra mu dheibhinn an uilc agus an sgrios a tha dlùth-cheangailte ri brùchdadh oillteil a dh' fhaodas tachairt aig àm air bith bho na conic loisgeach. Is e Sanfriere an t-ainm a tha 'n cnoc loisgeach a' giùlan, a tha ann an Saint Bhincent, far an deachaidh da mhìle duine 'mharbhadh, an tràth a bha 'n cnoc a' tilginn a mach teine 's mosradh bàsmhor eagalach. Is e Saint Lucia ainm eilein a tha feumail 'us tarbhach do Bhreatunn. Tha acarsaid dhomhain, ghasda, thearuinte anns an eilean so, 's tha e air a dhìon le iomadh daighneach làidir. Is ann an so 'tha cabhlach Bhreatuinn a' faotuinn guail. Is ann an so mar an ceudna 'tha na bàtaichean smùide 'tha 'g imeachd sìos agus suas a' faotuinn guail. Cha 'n 'eil gual ri fhaotuinn anns an eilean so. Tha e 'tighinn bho na Staidean agus bho Bhreatunn fein. Is e dòigh iongantach a tha aca ann a bhi 'cur a' ghuail air bòrd nan soithichean. Tha daoine 's mnathan dorcha 's dubh a giùlan bascaidean guail air an ceann agus a' dol le ceum uallach, togarrach air bòrd an t-soithich. Tha trì 's ceithir fichead punnd anns na bascaidean. Tha gun teagamh cinn làidir aig an t-sluagh a tha 'giùlan eallaich co trom air an cinn. Tha na mnathan easgaidh,

treun, toileach, tapaidh.

Ma dh' fhaoidte gur e Barbadoes eilean a's bòidhche 's a's beartaiche am measg Innsean na h-àirde 'n iar. Tha e ann an tomhas mor còmhnard, fasnach, torach. Tha 'n acarsaid farsuing agus tearuinte, 's tha malairt mhor a' dol air a h-aghaidh. On bhris a' bhreac a mach an uiridh, thainig moran grabaidh 'us call air saothair 'us malairt Bharbadois. Tha 'n sluagh anabarrach seòlta, aghartach, teòma.

Is e eilean mor a tha ann an Antigua. Tha 'chuilc shiùcair a' cinntinn gu pailt, reamhair, reachdmhor ann. Tha glinn fharsuing air feadh an eilein, agus air an aobhar sin, cha 'n 'eil e duilich meadhon an eilein a ruigheachd. Is e eilean cnocach, bòidheach a tha ann an Grenada. Tha na daoine 'tha gabhail còmhnuidh ann innleachdach. Rinn iad rathad, no <eng>tunnel,<gai> troimh chnoc a tha eadar an acarsaid agus am baile 's modha 'bhuineas da. Tha mar so slighe réidh fhurasda aig gach neach a tha 'dol a dh'ionnsuidh a bhaile. Is e Tobago an t-eilean a tha eadar Grenada's Trinidad. Tha daoine 'cumail a mach gur ann an Tobago a thuinich ré iomadh bliadhna Robinson Crusoe-neach air am bheil òigridh gach tìr gle eòlach. Is e eilean mor a tha ann an Trinidad. Tha daoine ag aithris gu tug Columbus an t-ainm so air an eilean, do bhrìgh gu faca e trì dùin no cnoic a thug g'a chuimhne trì pearsannan na Diadhachd. Tha sluagh iomadach a gabhail còmhnuidh ann an Trinidad. Tha malairt fharsuing, bheartach a' dol air a h-aghaidh daonnan eadar an t-eilean so agus an Roinn-Eòrpa. Tha acarsaid fharsuing, shàbhailte ann an Trinidad, far an àbhaist do longan cogaidh iomadh rioghachd a bhi 'faotainn fasnach 'us comhnaidh. Tha Bhenesuela, far an robh seorsa cogaidh bho cheann ghoirid, gle dhlùth do Thrinidad. Guiana Breatunnach, no Demarara, is e so cearna de America mu dheas a bhuineas do Bhreatunn. Tha aimhnichean mora, leathunn, domhain a' tabhairt a nuas uamhas uisge bho ionadan iomallach na dùthcha 's eadhon bho na h-Andeis fein, agus ag atharrachadh fiamh 'us dath na fairge. Tha Demarara anabarrach comhnard no iosal. Tha balla ochd troidhean air àirde 'cumail a mach na fairge re iomadh mìle. Tha soithichean smùide Chanada 'ruigheachd Georgetown, agus a seòladh leis gach cùrsa 'tha iad a' gabhail da mhìle 's ochd ceud mìle (2800). Tha mar so na soithichean a tha Pickford 'us Black a' riaghladh agus a' cur air sàile a triall thairis air se-deug agus da fhichead ceud mìle (5600), ann an dol sìos agus ann an tighinn dachaidh.

Tha dath nan daoine 'tha 'g àiteachadh Innsean na h-àirde 'n iar, dorcha. Cha 'n 'eil e ro-dhubh idir, agus cha 'n 'eil na bhean fuasach tiugh no trom. Tha sgoilean maith air feadh nan eileanan. Feumaidh gach balach 'us caileag dol do 'n sgoil. Tha iad gle thapaidh ann an ionnsachadh a thrusadh. Labhraidh iad Beurla gu pongail, snasmhor. Tha iad gle dhìleas 'n am faireachduinnean do Rìgh 'us do chrùn Bhreatuinn. Is ann le uachdarain a tha air an roghnachadh le luchd-riaghlaidh Bhreatuinn, a tha na h-Innsean air an cumail ann an òrdugh. Tha Breatunn caoimheil ris na daoine dorcha aig am bheil an dachaidh anns na h-eilean air am bheil mi 'deanamh luaidh. Tha cothrom gasda air a thabhairt do na gillean òga

air foghlum maith a thrusadh trid am faod iad eòlas mor 'fhaotuinn air gach doigh a's fhearr airson cinneas iomadach 'us luachmhor nan eileanan a thabhairt gu h-inbhe a's àirde 's a's fhearr ann am margadh farsuing an t-saoghail gu léir. Bithidh sinn uile ann an Canada ro-thoilichte ann a bhi 'nochdadh moran caoimhneis do dhaoine dorcha, inntinneach nan Innsean, agus ann a bhi 'tabhairt dearbhaidh dheis seachad gu bheil sinn fìor-thaingeil do 'n chuideachd ann an Halifacs a tha co duineil, dichìollach, agus gu dean sinn gach oidheirp air ceangal tlàth, carthannach a chur ann an uidheam a's treise 's a's seasmhaiche eadar sinn fein agus eadar luchd-àiteachaidh Innsean na h-àirde 'n iar, oir buinidh sinn le chéile do Bhreatuinn uasal, urramach.

CONA.

SGEULACHDAN ARABIANACH.

ALADIN.

CAIB. XXI.

CHÀIDH Aladin sìos do 'n t-seomar anns an robh nighean an rìgh, agus thuirt e rithe: "Theid mi 'n urras gu 'm bi ar n-aoibhneas le cheile coimhlionta anns a' mhadainn am maireach."

O'n a bha iad le cheile gun ach fìor bheagan de bhiadh a ghabhail air an fheasgar ud, chuireadh biadh air am beulaobh. Ghabh iad na thainig riutha dheth, agus dh' ol iad dhe 'n fhìon a thug an draoidh do 'n luchairt. Bha comhradh gle thaitneach eatorra gus an d' thainig an t-am dhaibh gabhail mu thamh.

Bha 'n rìgh fo bhron 's fo lionn-dubh anabarrach mor riamh o 'n a thugadh air falbh an luchairt agus a nighean. Is gann a bha e deanamh norradh cadail a latha no dh' oidhche. An aite oidhirp a thabhairt air 'inntinn a chumail suas, is ann a bha e sìor fhas na bu bhronaiche 'na inntinn a h-uile latha. An aite dhol do 'n t-seomar a h-uile madainn a chum e fein a thoileachadh le sealladh a ghabhail dhe 'n luchairt mhoir, mhaisich a thog Aladin, is ann a bha e 'dol ann gu math tric a h-uile latha gu greis mhath a thoirt air caoidh 's air tuiream. Bha e lan-chreidsinn nach fhaiceadh e sealladh gu brath tuilleadh dhe 'nighinn, no idir dhe 'n luchairt. Bha e 'smaointean gu 'n d' fhalbh na bh' aige de thoileachadh an t-saoghail buileach glan.

Air a' cheart mhadainn anns an d' thugadh luchairt Aladin air ais a Africa, chaidh an rìgh do 'n chlosaid a chum greis a thoirt air bron 's air tuiream mar bu ghnath leis. Ged a bha e na bu stolda na b' abhaist dha, bha e gle throm-inntinneach. Thug e suil mhuladach am mach air an uinneig rathad an aite anns an robh an luchairt aon uair, agus e 'n duil gu 'n robh an larach lom, falamh mar a bha i fad iomadh latha roimhe sìd. Ach an uair a thug e an aire gu 'n robh an luchairt air a' cheart larach air an do thogadh an toiseach i, shaoil leis gur e ceo-meallaidh a bha 'toirt air a coltas fhaicinn.

Ach an uair a sheall e na b' fhearr, cha robh teagamh sam bith aige nach robh an luchairt air a' cheart larach air an da thogadh i. Ghrad thainig aoibhneas is subhachas ann an aite an doilgheis agus a' bhroin. Thill e anns a' mhionaid d' a sheomar fhein, agus thug e ordugh each a ghrad thoirt g' a ionnsuidh, agus mharcaich e gu cabhagach gu luchairt Aladin.

Bha Aladin a' creidsinn gur ann mar so a thachradh, agus dh' eirich e gu math moch. Chuir e uime an deise a b' fhearr a bh' aige, agus chaidh e do thalla nan ceithir uinneagan fichead far am faiceadh e an righ a' tighinn. Cho luath 's a

[TD 14]

[Vol. 12. No. 2. p. 6]

chunnaic e 'tighinn e, chaidh e sios an staidhre, agus chuidich e e gu tighinn bhar muin an eich.

"Aladin," ars' an righ, "cha 'n urrainn domh bruidhinn riut gus am faic mi mo nighean an toiseach."

Thug Aladin an righ suas do 'n t-seomar anns an robh a nighean. Bha fhios aice roimhe sid gu 'n d' thainig iad air ais gu ruige Shina, agus gu 'n robh an luchairt far an do thogadh an toiseach i. Bha i 'n deigh a dhol 'na h-eideadh an uair a thainig a h-athair a steach, agus an uair a dh' fhailtich iad a cheile le mor-tlachd, shil iad gu frasach deoir an aoibhneis.

Bha 'n righ greis anns an t-seomar mu 'm b' urrainn e aon fhacal a labhairt; oir bha araon ioghnadh agus aoibhneas air a chionn gu 'n d' fhuair e 'nighean a rithist, agus gun duil sam bith aige gu 'm faiceadh e gu brath tuilleadh i. Agus bha ise cheart cho lan aoibhneis 's a bha 'h-athair. Mu dheireadh thuirt an righ: "Shaoilinn, a nighean, gu 'm biodh do dhreach na 's miosa na tha e an deigh na thachair de mhi-fhortan riut; ach tha mi 'creidsinn gur e an t-aoibhneas a th' ort air son mise fhaicinn a tha 'fagail do dhreach cho math. Cha 'n urrainnear luchairt cho mor so atharrachadh o aon chearn dhe 'n t-saoghal gu cearn eile gun eagal agus iomaguin mhor a chur air na bhios 'nan comhnuidh innte. Bu mhiann leam gu 'n innseadh tu dhomh a h-uile car mar a thachair, agus nach ceileadh tu dad orm."

Bha nighean an righ ro thoileach gach fiosrachadh a bha dhith air a thoirt d' a h-athair, agus thuirt i: "Mo thighearna, ma tha e coltach nach d' thainig a' bheag a dh' atharrachadh orm, tha mi 'guidhe air bhur morachd gu 'n toir sibh fa near gu 'n d' fhuair mi urachadh beatha 's a' mhadainn an de an uair a rainig Aladin, m' fhear-posda gaoil mi, agus a thug e saorsa dhomh agus mi ann an duil nach fhaicinn sealladh dheth gu brath tuilleadh. Agus thug an toileachadh a fhuair mi an uair a chunnaic mi e orm a bhith 'g am fhaireachadh fhin cho slan 's a bha mi riamh. B' e a bhith air mo sgaradh uaibhse agus o Aladin an trioblaid bu mho a bha 'cur dragh

orm; cha b' ann a mhainn a chionn gu 'n robh an gradh a tha agam dhasan mor, ach bha mi fo eagal mor gu 'n cuireadh sibhse gu bas e agus e neo-chiontach. Cha do chuir an droch dhuine a thug air falbh mi-fhin agus an luchairt moran de dhragh sam bith orm; oir leig mi ris dha nach robh mi 'dol a thoirt geill dha ann an doigh sam bith. Cha robh mi aon chuid deonach eisdeachd ris, no idir labhairt ris.

"Cha robh lamh sam bith aig Aladin ann a bhith 'g am thoirt gu ruig' Africa. Is ann agam fhin bha 'choire gu leir."

Gus so a dhearbhadh do 'n righ, thug i dha mion-chunntais air mar a chuir an draoidh e fhein ann an coslas fir a bha reic chruisgeanan, agus bha e tairgseadh cruisgeanan ura thoirt seachad air son seana chruisgeanan; mar a thug i, air son spors dhi fhein, an seana chruisgean seachad air aon cruisgean ur, agus gun fhios aice gu 'n robh buaidh shonraichte sam bith ann; mar a thug an draoidh i-fein agus an luchairt gu ruig' Africa, agus a bha e 'g iarraidh oirre a phosadh: mar a chaidh i-fhein agus Aladin ann an co-bhainn a chum an cruisgean a thoirt uaithe; agus mar a shoirbhich leotha; agus gu h-araidh mar a leig i oirre gu 'n robh i air fas cho measail air 's gu 'n d' iarr i air a shuipear a ghabhail comhladh rithe, agus a chuir i am fudar anns an fhion dha. "A thaobh gach ni eile," ars' ise, "bheir Aladin fhein cunntais dhuibh m' a dheidhinn."

Cha robh moran aig Aladin ri innseadh do 'n righ, ach a mhain thuirt e: "An uair a dh' fhosgladh an dorus diomhair, chaidh mi suas do 'n talla, far an d' fhuair mi an draoidh 'na shineadh marbh air an t-sofa. O nach robh mi 'faicinn iomchuidh do 'n bhana-phrionnsa fuireach na b' fhaide anns an talla, dh' iarr mi oirre 'dhol d' a seomar fhein comhladh ris na mnathan-coimhideachd. Cho luath 's a dh' fhalbh i, thug mi an cruisgean a brollach an draoidh, agus thug mi an luchairt air ais do 'n aite anns an robh i an toiseach, agus a nis tha mi toilichte gu 'n deachaidh agam air bhur nighean a chur 'n 'ur lathair mar a dh' aithn sibh dhomh. Ach a chum nach saoil bhur morachd gu 'n robh mi 'g 'ur mealladh, chi sibh an draoidh marbh anns an talla, ma chuireas sibh de dhragh oirbh fein na theid g' a fhaicinn."

Gus a chuis a dhearbhadh, dh' eirich an righ anns a' mhionaid, agus chaidh e do 'n talla, far am fac' e an draoidh 'na shineadh marbh, agus dreach a ghnuise a' nochdadh gu soilleir gur ann leis a' phuinnsean a fhuair e bas. Anns a' mhionaid rug an righ air Aladin 'na ghairdeanan, agus thuirt e: "A m'hic, na bi diumbach dhìom air son mar a rinn mi ort. Is e an gradh a bh' agam do m' nighinn a thug orm a dheanamh, agus air an aobhar sin, tha coir agad air mathanas a thoirt dhomh air son cho doirbh 's a dh' fheuch mi riut."

"Mo thighearna," ars' Aladin, "cha 'n 'eil an t-aobhar a's lugha agam air son gearain air mar a rinn bhur morachd orm, o nach d' rinn sibh dad ach rud a bha gle iomchuidh dhuibh a dheanamh. B' e an draoidh graineil ud, an duine cho dona 's a bha air an t-saoghal, bu mhathair-aobhair do gach mi-fhortan a thainig 'nam rathad. An uair a bhios uine aig bhur morachd, bheir mi cunntas dhiubh air droch ghnìomh eile a rinn an duin' aingidh ud orm-gnìomh a bha pailt cho

dona 's cho dubh ris a' ghnìomh so; ach shaoradh uaithe mi ann an doigh shonraichte le comhnadh Dhe."

"An uine gun bhith fada feumaidh mi an sgeul sin a chluinntinn," ars' an rìgh; "ach aig an am so na tugamaid smaointean air rud sam bith ach gairdeachas, agus an corp oillteil so a thoirt air falbh."

Dh' ordaich Aladin corp an draoidh a thoirt air falbh agus a thilgeadh air an dunan far am faigheadh gach eun coimheach agus gach fiadh-bheathach cothrom air 'itheadh.

Anns a' cheart am thug an rìgh ordugh do gach seorsa luchd-ciuil toiseachadh ri seinn ciuil a chum a leigeadh ris do 'n t-sluagh gu 'n robh gairdeachas ri bhith air a dheanamh anns a' bhaile; agus dh' ordaich e mar an ceudna gu 'm biodh feusd mhor air a cumail fad dheich latha mar chomharradh air a' ghairdeachas a bh' air a chionn gu 'n d' thainig a nighean agus Aladin air an ais, agus gu 'n robh an luchairt far an robh i roimhe.

Mar so fhuair Aladin an dara uair as a' chunnart anns an robh e gu 'n cailleadh e 'bheatha; ach cha b' e so an cunnart mu dheireadh anns an robh e, agus innsidh mi m' a dheidhinn gun dail.

(Ri leantuinn.)

LITIR A LAG AN T-SLOCAIN.

A CHARAID GHASDA,—O'n a sgrìobh mi ugad mu dheireadh thug mi sgrìob am mach a choimhead air caraaid no dha a th' agam anns an àite ris an canar 's a Ghàilig Bogadh nam Fiadh. Gu cinnteach ceart is ann a tha na daoine 's na mnathan còire—gu h-àraidh na mnathan, nach robh riamh air deireadh ann an caoimhneas 's an càirdeas. Fhuair mi gabhail rium gu math 's gu ro mhath. Chuir mi seachad an oidhche ann an taigh bantrach Chalum 'ic Iain, brod is taghadh nam bean. Mu 'n do thàrr dhomh suidhe bha am bòrd bidh air a dheasachadh le uibhean is ìm is bainne, gruth is uachdar is blàthach, agus gach ni a b' fhearr na chéile. Bha, tha is bithidh na bana-Ghàidheil còir, caoimhneil. Thadhal mi ann an tigh no dha mu 'n do thill mi, agus cha robh na fir no na mnathan dad air deireadh air a' bhean chòir a dh' ainmich mi. "Lùdag is òrdag na h-aona ghlaice." Gu ma fada beò iad is ceò as an taighean. Tha mi 'n dòchas nach teid iad seachad air a' bhothan agam uair sam bith a thig iad do 'n Lag.

Is ann am Bogadh nam Fiadh a chaith Donnachadh ruadh, air an d' thug mi iomradh ann an litir a sgrìobh mi ugad roimhe, iomadh bliadhna dhe 'bheatha. Thàinig Donnachadh a stigh do'n bhaile air là àraidh le muc a bha e dol a chreic. Dh' fhairlich is dhubh dh' fhairlich air sin a dheanamh. Mu dheireadh 'nuair a bha a' mhuc a' fàs sgìth dhe gach crathadh a bha i faighinn air an rathad—oir bha i air a ceangal ann am bocsa na cairte-thòisich i air deanamh òran, ceathramh mu seach eadar i fhéin 'san t-each, aig a h-uile àite 'san stadadh Donnachadh feuch am faigheadh e a creic. B' fheudar dha tilleadh dhachaidh leatha, agus e seachd sgìth dhe thurus. 'S e òran

glé éibhinn a bh' ann. Tha mic is nigheanan aig Donnachadh ruadh beò, slàn, agus chuireadh e ioghnadh orm mur 'eil an t-òran so agus iomadh òran eile a rinn e air chuimhne aca. A bharrachd air a hhi math air òran a dheanamh bha Donnachadh na 'dhuine làidir, treun. Tha e air innseadh gu 'n do ghearr cnapach gille 'bu mhac dha e fhéin gle dhona 's e 'g obair còmhla ri athair anns a choille. Cha robh dotair ri 'fhaotainn na bu dlùithe na ochd mìle o'n àite anns an robh e fuireach. Shuain Donnachadh a mhac ann an cuibhrige, agus ga 'thilgeadh air a mhuin, choisich e a stigh far an robh an dotair. An uair a chuir an dotair crìoch air gach deisealachd a bha feumail air son a ghille, thilg 'athar e a rithist air a mhuin, agus cha b' e an t-ultach beag, agus thill e dhachaidh leis. Chaidh an gille am feobhas an ùine ghoirid.

Ach saoilidh mi nach deargadh Donnachadh air Iain mac Callum, latha gu 'n robh e, ann an treuntais cuirp. Tha Iain còir a nise ceithir fichead bliadhna 's a ceithir deug, ach ged a thà, tha a cuimhne cho math 's a bha i riamh. Bha mi a' coimhead air o chionn ghoirid, agus a dh' innseadh na fìrinn bhlàthaich mo chridhe ris an t-seann duine chòir, agus na bha anns an aon taigh ris-duine fìrinneach, diadhaidh, onarach-cho onarach ris a' ghlais. Chuala mi a' bheul fhein ag ràdh gu 'n d' thug e poca mine a Sidni thun an àite sam bheil a chòmhnuidh, astar ceithir mìle deug, air a mhuin. Tomhaisidh poca mine dlùth air ceud punnd. Cha do chuir e tuilg ann, gus an robh e dìreadh a' bhruthaich a tha mu chairteal a mhile o 'n tigh aige fhéin. Bha 'm poca a fàs gu math trom, ach fhuair e dhachaidh leis gu sàbhailte. Cha robh na h-eich cho pailt an uair sin 'sa tha iad an diugh.

O chionn mìos air ais chuir seann nighean chòir, Catriona nion Uilleam seachad oidhche 'san tigh agam. Ged a tha Catriona a dlùthachadh air a cheithir fichead choisich i a h-uile ceum a' Mira, astar coig mìle deug. Tha e gle choltach nach do chuir an aois maille na 'ceum. Ged nach 'eil mi-fhìn cho sean ri Catriona cha tig an dìle a choisichinn-sa an t-astar ud.

Tha 'n t-àm agad stad. Na 'm bithinn cho beairteach 's a tha mi cho bochd bheirinn punnd Sasunnach air aona ghreim fhaighinn air a' chrùisgein a bh' aig Aladin, curaidh nan Sgeulachdan Arabianach. Cha bhiodh éis air MAC-TALLA gu ceann là is bliadhna na 'm faighinnsa mo chrògan air.

Is mi do bhana-charaid,
PEIGIDH PHABACH.
Lag an t-Slòcain.

[TD 15]

[Vol. 12. No. 2. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic

AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR
Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn
taighe.

Tha ar prisean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>
FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-Os cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA.<gai>
CORPAICHTE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE \$2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
ann anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3% 'sa bhliadhna.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

[Dealbh]

A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>

Sidni, Feb. 8, '01.

A. J. BEUTAN.

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glaskan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.

M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

Iadsan a Phaigh.

Domhnull Mac Eacharan, Sidni

Iain Mac Odrum, Sidni

Ruairidh Mac Rath, Sidni

Aonghus Buchanan, <eng>McKay's Corner<gai>

Uilleam Burke, Mabu Bheag
 An t-Urr M A Mac-a-Phearsain, Bras d'Or Beag
 Maoliosa Docherty, Baddeck
 An t-Urr C C Mac-an-Tòisich, <eng>Reserve<gai>
 Mrs McDonald, <eng>Glendyer Mills<gai>
 Lachlainn Mac Fhionghain, Margaree Har.
 Seumas D Domhnullach, Margaree Har.
 A I Fearghasdan, <eng>Carribou Marsh<gai>
 D I Mac Raing, P M, Mèinn Mhàbu
 Steaphain S Mac Neill, <eng>Bridgeport<gai>
 Bean Dhò'ill Dhomhnullaich, <eng>Big Harbor<gai>
 Aonghas Mac Aonghais, <eng>Georgeville, N.S.<gai>
 Caiptean R Moireasdan, Halifacs, N.S.
 Cailean Mac Gillebhràth, <eng>Pleasant Valley, N.S.<gai>
 Domhull Mac-a-Phearsain, Gàradh Eden, N.S.
 Mairearad Nic-a-Phì, <eng>Loch Katrine, N.S.<gai>
 Bean I MhicFhionghain, <eng>Livingston's Cove, N.S.<gai>
 Iain D Mac Gillemhaoil, Dunbheagain, Ont
 D I Caimbeul, <eng>Toronto, Ont.<gai>
 Iain Mac Amhlaidh, <eng>Southampton, Ont.<gai>
 Pàdraig Mac-an-t-Saoir, <eng>Presque Isle, Ont.<gai>
 I S Mac Gilledhuibh, <eng>Pomona, Ont.<gai>
 C Mac Gillemhaoil, <eng>Dromore, Ont.<gai>
 An t-Urr Gilleasbuig Currie, <eng>Sonya, Ont.<gai>
 Ruairidh <eng>Young, Sarnia, Ont.<gai>
 Iain Mac Fhionghain, <eng>Bentpath, Ont.<gai>
 Iain Grannd, Lagan, Ont.
 Alasdair Mac Ealair, <eng>Sault Ste Marie, Ont.<gai>
 Calum Ros, Milan, Cuebec
 Domhnull Beutan, <eng>Cardigan, E.P.I.<gai>
 Alasdair Murchison, <eng>Orwell, E.P.I.<gai>
 Domhnull Domhnullach, <eng>Gowanda, N. Y.<gai>
 Uisdean A Mac-a-Ghobha, <eng>Silver Cliff, Colo<gai>
 Iain Camaran, <eng>Detour, Mich.<gai>
 An t-Urr S C Gunn, <eng>Roxbury, Mass.<gai>
 Iain Mac Leoid, <eng>Milton, N. D.<gai>
 Cailean Siosal, <eng>Vancouver, B. C.<gai>
 Iain Mac-a-Phì, <eng>New Denver, B. C.<gai>
 Pàdraig Mac-an-t-Saoir, <eng>St Andrea, Assa.<gai>
 Aonghas Mac Leoid, <eng>Hilton, Man.<gai>
 Caipt Fearghas Fearghasdan, Glaschu, Alba
 Domhnull Mac Fhionghain, Grianaig, Alba
 Donnachadh Siosal, Bhaonbhraid, Alba

ORAN SEISIDH CHOIS-A-BHILE.

LE DAIBHIDH CAIMBEUL.

LUINNEAG.

'Ribhinn ùr a chuil dualaich
 A fhuair buaidh thar gach mnà,
 'S e do ghaol 'rinn mo bhuaireadh
 'S a chuir truaighean am dhàil.

Ged a chuir thu mi suarach,
'S ged a dh' fhuaraich do ghràdh,
Bidh mi tuilleadh fo smuaisean
O nach d' fhuair mi do làmh.

'S mi bhi tamull air astar
O ait m' altruim 'nam òig',
Chualas sgeul nach cuis ghàire,
Oigh mo ghràidh a bhi pòsd'.
'S ged tha cuid rium ag ràdhainn,
Gu dé 'n stà bhi ri bròn?
'N gaol a thug mi am phàisdean
Ni mi àrach ri m' bheò.

Nan do rinn thu leam lùbadh,
A gheug ùr nan sùl tlàth,
'Chaidh cha'n fhaict' le luchd-dùthch' thu,
'S tu fo chùram mu 'n mhàl.
'S ann a bhiodhmaid gu sùrdail
'Cur ri mùirn mar a b' àill;
'S bhiodh daoine'-uaisle na dùthcha
A toirt ùmhlachd do m' ghràdh.

Cha 'n fheil flur ann an gàrradh,
Ged is dàicheil an snuadh,
No lus grinn ann am fàsach,
Fad o ghàirich a chuain,
Cha do chinn an glaic aonaich,
No air craoibh an coill' uain',
Na ni coimeas do m' ghaolsa,
Gradh nan daoine' o'n taobh-tuath.

Ach ge boidheach do phearsa,
Is ge dreachmhor do ghnùis,
Ged is binne do chòmhradh
Na an smeòrach 'seinn ciùil,
Ged is gile na 'n canach
Do dheud tana geal dlùth,
Is ge cùbhraidhe t' anail
Na croinn mheala fo dhriùchd;

Cha 'n iad sin, ge bu leoir iad,
'Chuir mi 'n tòir ort, a rùin,
Ach do mhisneach is t' eolas
Thar uil' oigridh do dhùthch'.
'S e bhi cuimhneach do chomhraidh,
Is do sheol anns gach cùis,
Is nach faod sinn bhi còmhla
'Dh' fhag na deoir air mo shùil.

Rinneadh an t-oran so do Sheisidh Mheinne an Cois-a-Bhile.
Rugadh Daibhidh Caimbeul-Daibhidh mac Dhòmhnail mhic Ghilleasbuig
mhic Dhòmhnail Bhàin an 1798, agus chaochail e an 1830.

AM FARRAN.

LE IAIN MAC-AN-TOISICH.

Tha mise gu tric 'san tìm so
Air mo dhìteadh le fìor bhaidrich;
Their iad, on a chaill mi 'mhàileid,
Nach b' fhiach gnàthachadh mo phearsa.
Chunnaic mise lath' am pràbar
'S thigeadh iad làmh rium g' an casaid;
'S bheireadh iad an ad gu làr dhiu
'Dh' iarraidh pàirt de na bhiodh agam.

Tha moran diu 'gheibhinn càirdeil,
Cridheil, gaireach anns gach tachairt,
Air tionndadh an diugh cho làsdail
'S gur h-ann a ni ghràisg mo sheachnadh.
Ged tha chùis air tigh'nn mar thà i,
Tha min agam 's buntàt am pailteas;
'S am fear nach gabh a chuid de'n dòigh sin,
Bleidreadh e ròic far an taitneach.

Rugadh Iain Mac-an-Tòisich an Lochabar. Bha e gu math air a dhòigh aig aon àm, ach chaidh e air ais na chrannchur. Chaochail e an Glaschu 'sa bhliadhna 1868. Gheibhear a chuid oran anns an Duanaire.

MAIRI BHAN DHAIL-AN-EAS.

LE DOMHNALL MAC-CITHICH.

Is mithich dhomhsa toiseachadh
Is m' oran chur an géill;
Gur fada bhon bu chòir dha
A bhith ann an òrdagh réidh,
Tha m' ìinntinn cheart cho luaineach
Ri gaoith tuath air bhàrr nan geug,
'S mi smaointinn air a ghruagaich sin
'Tha shuas ann an Gleann-Eit'.

Gur bòidheach leam a dh' fhàs thu
Bho do bhàrr gu sàil do bhuinn.
Cha 'n fheil aon chron ri àireamh ort;
'S tu bean an nàdair ghrinn.
Nar mhealam-sa mo shlàinte
Mur a b' fhearr leam na bhith 'm rìgh,
Cead a bhith laighe làmh riut,
Is mo làmh fo d' mhuineal mìn.

Gur lionmhor mais' ri h-aithris
Air an aimsir a's glan snuadh;
Do shlios geal mar an caineal,
No mar eala nan tonn uain'.

Shiubhail mi bho 'n Apuinn
Am mach gu uisge Chluaidh,
'S bean t' aogais anns an astar sin
Cha 'n fhaca mis', a luaidh.

Tha falt réidh bachlach, bòidheach ort
Air dhath an òir na 'dhuail;
Gur fiamhach, sgiamhach, òr-bhuidh e
An òrdagh ann an cuaich.
Bha m' ìinntinn-sa làn sòlais
Nuair a bha mi chòmhnuidh shuas;
'S a nise bhon a dh' fhàg mi e
Cha 'n fheil mo thàmh ach truagh.

Their cuid rium gum bu neonach dhomh
Mo ghaol cho mòr thoirt duit;
Gun robh mi cìnntinn gòrach
Nuair bu chòir dhomh a bhith glic.
Ach éisdidh mi ri 'm bòilich,
'S a chaoidh ri m' bheo cha chreid
Gum faigh fear eile còir ort,
No gum pòs thu gun mo chead.

[TD 16]

[Vol. 12. No. 2. p. 8]

Tha nìonagan an àite so
Ri tàir air m' aois gu mor,
Ag radh gur seana-fhleasgach mi,
'S nach freagair mi 'thé òig.
Cha b' i an aois a liath orm
Mo chiabhagan cho mor;
Ach sìoban nan tonn dùbh-ghorm,
A tigh'nn bho chùl nan seol.

B' e sud an obair ànradhach
Dh' an dug mi gràdh 's mi òg.
Is iomadh oidhche gheamhraidh
Bha mi rìofadh teann nan seòl;
Is iomadh la a stiuradh leam
'S an sneachd air cùl mo dhòrn,
Toirt eòlais as a chombaist;
Gum b' e sud pong an t-seoid.

Gur lionmhor anns an àite so
Mo naimhdean bho chionn greis,
A chionn gun dugadh le gràdh leam
Do 'n nigh'n bhàin tha 'n Dail-an-Eas.
Tha fleasgaich anns na cearnaibh so,
'S gum b' fhearr leo gun robh mis'
An iomall tìr' air falbh bhuath,
Gun earbsa ri tigh'nn as.

Ged bhithinn thall thar chuantan
Ann an dùthaich dhuaichnidh, chéin,
Bhiodh m' earbs' ri tigh'nn a nall aisde
A dh' fhaicinn m' annsachd féin.
Cha 'n fheil i anns an àl so,
Is cha bhi 'san àl am dhéidh,
Aon té le d' mhais', a Mhàiri;
'S tu 's àille 'tha fo 'n ghréin.

Is ìseal a thuit m' ìntinn-sa,
'S cha dìrich i ri m' bheò;
A chaidh cha deanar ìnnseadh leam
An ni sin tha gam leòn.
Ach gus an déid mo thiodhlacadh
'An ciste dhionaich bhòrd,
Cha tréig mi gaol na h-ìgnige
Dh' fhàg m' ìntinn trom fo leòn.

Rugadh Dòmhnall Mac-Cithich an Liosmor. Bha e greis na sgalaig aig Aonghus Mac-Fhraing an Dail-an-Eas, agus greis eile a leanachd na mara. Bha Mac-Fhraing gu math air a dhoigh aig aon àm, ach chaidh e air ais, agus b' fheudar dha Dail-an-Eas fhàgail. Chaidh e an sin a chòmhnuidh do dh-Achatriachadain an Gleanna-Comhann. Bha Mairi nighean MhicFhraing na h-ainnir òig, bhòidhich. A réir an iomraidh a tha 'dol phòs i Domhnall MacCithich. Ma bha Domhnall cho math air obair 's a bha e air orain bu choir dha a bhith comasach air bean a chumail am biadh 's an aodach.

AN T-EILEIN DIURACH
an Earraghàidheal.

LE FEARGHAS FEARGHASDAN.

AIR FONN—"Cogadh no sìth."

As an duthaich 'san deach m' àrach
An dràsd tha mi triall,
Tha mi falbh thar an t-sàile
Gu cearn na mi-riaghailt;
Air Diura nan àrd-bheann
A ghnàth tha mo mhiann,
'S cha dìobair gu bràth
Gus an laigh mi 's nach triall.

So mo lamh dhuibh, a chàirdean,
Gu'm pàidh mi gach fiach
Do gach Frangach, gach Greugach,
Is Eiphiteach fia'ich,
'S gu'n seas mi an cearn
Far 'n robh Gàilig nam Fiann,
'S nach searg as gu bràth
Fhad 's a dhearrsas a' ghrìan.

'S ann mu bhruachan Aird Airneal
'Chaidh m' àrach glé òg,
Mu'n chnoc ud tha àghmhor,
Far 'n tràth 'n goir na h-eòin;
Nuair a dhùisginn le sunnd
Bhiodh an drùchd air na lòin,
'S bhiodh a ghrian tigh'nn 's a dearsadh
Air àrd-bheinn an òir.

Air an lag tha mo ghradh,
Nis cha 'n àicheidh mi e,
Far 'n d' fhuair mi greis m' àrach
'Measg àrmuinn bha sèimh,
'S far 'n do chleachd mi 'n tùs m' òige
'Bhi seòladh a ghnàth
Anns na bàtan aig Seumas
Leis fhein 's le Iain Seàth.

'S tric chaidh tarsuinn an linne
An triùir ud gun mheang,
Iain Seàth agus Seumas
Agus Eobhain Mac Raing,
'S a sheas iad 'san t-séideadh,
'S cha ghéilleadh iad eang,
'S Iain Seàth aig an stiùir,
'S bu chairt-iùil da a bheinn.

Bu shunndach bhiodh Seumas
A falbh le geur shrann,
A shealltainn nan caorach
Am biodh aon diu air chall;
Bu sheoladair luing' e
Cho math 's theid do chrann;
Is tuathanach a b' fhearr
Cha deach àrach an gleann.

Tha Eobhain Mac Raing
'S e cho ceanalta, còir;
Bu mhath ri la gaillinn e
A pasgadh nan seòl;
Air cùl na ràimh daraich
Co chumadh ris stri?
'S an àm bualadh 'san t-sabhal
'S e fhroiseadh an siol.

'S bu shunndach Iain Seàth
Nam bhi togail nan seòl,
Bhiodh a shùil air an iarmailt,
'S an ailm aig' na dhòrn;
'Toirt breth air an aimsir
Co bheireadh air buaidh?
'S fear-iùil e cho math
'S chaidh a reubadh nan stuadh.

Tha mi seòladh null thairis
Do dh' iomall an t-saogh'l
Air long nan seòl àrda
'S na spàrannan caol,
Tha mo chuimhn' air an lag
Far an robh mi òg, faoin,
'S na h-àrmuinn bha tàmh ann
Guidheam slàn do gach aon.

Tha crìoch air mo rannan,
Mu'n gabh sibh dhìom fuath,
Oir is ealain a bhàrdachd
Tha fàs gun mhor bhuidh;
Ach fhad 's bhios mi mánran
Air sràid no air cuan,
Do Dhiùra nan àrd-bheann
Le gràdh ni mi duan.

Fhuair sinn an t-oran so air an t-seachduin s'a chaidh o'n ùghdar, a
tha na sgiobair air soitheach-smùide tha giùlain iarunn air falbh
o'n phort so. Mar tha 'n t-oran ag innse fhuair e bhreith is àrach
air eilean Dhiùra. Tha e leantuinn na mara o'n bha e fichead
bliadhna dh'aois, ach tha Ghàilig aige 'n diugh cho math 's a bha i
riamh.

Cha 'n urrainnear a thoirt de 'n chat ach an craicionn.

Cha robh brosgalach nach robh breugach.

Cha robh e riamh air port eile.

Cha tig math gun dragh.

Cha toir an uaisle goil air a' phoit.

Cho ard ceann ri fiadh air fireach.

Chuireadh tu fearg air ministear, ged bhiodh eallach leabhraichean
aige.

Cleas nan ceard-cha luaithe trod na beadradh.

Cleas nan gaibhre 'g itheadh na nathrach-sior itheadh is sior
thalach.

Cog air a' chat, is togaidh e fhriodhan air.

Comhairle rìgh an ceann amadain.

Cosmhuil ri cuilean a' mhadadh-ruaidh, mar a's sine 's ann a's
miosa.

Crathaidh an cù earball ris an neach 'bheir dà.

Cuid an amadain am beul a phoca.

Cuid an aon slaoighteir air an shlaoighteir eile.

Cuiridh teangaidh snaim nach fuasgail fiacail.

<eng>The Canadian Bank of Commerce<gai>
RIS AM BHEIL AIR AONADH
<eng>THE HALIFAX BANKING COMPANY.<gai>

Earras Paidhte \$8,700,000
Airgiod Taimh 2,500,000

ARD OFIS, TORONTO.

AN T-ONORACH DEORSA A. COX,
Ceann-Suidhe.

<eng>B. E. WALKER,<gai>
Ard Mhanager.

Ofis an LUNNAINN (Sasunn) aig 60 <eng>Lombard St., E. C.
S. CAMERON ALEXANDER, Manager<gai>

Ofis an NEW YORK aig 16 <eng>Exchange Place,
WM. GRAY agus H. B. WALKER, Agents.<gai>

Tha ceud is ceithir meur dhe'n Bhanca so air feadh Chanada is nan
Staidean Aonaichte, am measg am bheil an àireamh a leanas anns na
Roinnean Iochdrach.

<eng>HALIFAX, H. N. Wallace, Manager.
Amherst Antigonish Barrington
Bridgewater Canning Lockeport
Lunenburg Middleton New Glasgow
Parrsboro Sackville St. John
Shelburne Springhill Sydney
Truro Windsor<gai>

Gach seorsa gnothuch banca.
Ceannaichear is reicear airgid is notaichean Breatunnach.
Gheibhear Litrichean Creideas de 'm faodar feum a dheanamh ann an
cearna sam bith dhe 'n t-saoghal.

BANCA CAOMHNAIDH.
Tha Banca Caomhnaidh a nise fosgailt aig gach meur dhe 'n bhanca.
Gabhar suim sam bith air riadh, eadhon suim cho beag ri aon dolar.

Meur ann an Sidni.
<eng>P. C. STEVENSON, Manager.<gai>

ANNS AN STOR UR
LE STOC MOR DE DH
Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula
ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE
air Sraid Shearlot.
<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

[Dealbh]

Bidh fìor chomhfhurtachd agad 'nad dhachaidh nuair a bhios gach airneis us grinneas air a thaghadh le rian agus tuigse. Agus 's e 'n ceud ni is coir aire fhaotainn am brat-ùrlair a theid air na seomraichean. Gheibh thu againne
Brat-ùrlair is Airneis
dhe na seorsachan a's fhearr, agus gach ni eile air an cuir thu feum air son breaghachd do thaighe.

Cuir a dh' iarraidh Leabhraim anns am bheil gach ni a tha sinn a creic air ainmeachadh. Paighidh sinn faradh do chearna sam bith de Cheap Breatunn.

<eng>Gordon & Keith, A. T. GRANT, Manager.

SYDNEY & LOUISBURG R'Y.<gai>

TIM CHLAR.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh' Iun, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 7.59 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.35 a. m.

A fagail Shidni aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 9.43 a. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 10.35 a. m.

A fagail Louisburg aig 5.30 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 6.21 p. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 7.00 p. m.

A fagail Shidni aig 8.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 9.30 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

Mac-Talla.
Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.

Bliadhna, \$1.00
Tri Miosan, .30
Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an <eng>New Zealand,<gai> 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu <eng>PUBLISHERS MAC-TALLA, Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 17]

[Vol. 12. No. 3. p. 1]

MAC-TALLA.

"An ni nach cluinn mi an diugh cha 'n aithris mi maireach."

VOL. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, OGUST 7, 1903. No. 3.

O chionn iomadh bliadhna air ais tha Breatunn a faighinn air adhart gu soirbheachail fo Shaor Mhalairt. Bha a dorsan fosgailte do bhathar gach rioghachd is dùthaich fo 'n ghréin. Cha robh de chis air a leagail ach a mhàin uiread 's a phàidheadh cosdas-riaghlaidh na dùthcha, agus bha a mhor-chuid de'n bhathar gun chis idir. Bha an dùthaich cho fuaighte ri Saor Mhalairt 's nach robh barail aig daoine gu 'm biodh ionnsuidh air a thoirt an da latha so air bristeadh a dheanamh air sin a bha ùine cho fada mar chreud-malairt aice: "Creic far am mò a gheibh thu air-son do chuid bathair, agus ceannaich far am mò a gheibh thu air-son do chuid airgid." O'n thòisich an dùthaich ri aideachadh na creud sin, shoirbhich leatha mar nach do shoirbhich leatha riamh roimhe, agus bu dalma 'n duine a ghabhadh air fein a comhairleacnadh an aghaidh Saor Mhalairt. Ach tha 'n duine dalma sin air lom a nis, agus ged nach eil e-fein idir a' gabhail ris gu bheil e air-son creud-malairt na dùthcha a chur a thaobh, 'se sin a bhrìgh a tha moran a' toirt as a bhriathran. Na'm bu duine sam bith eile ach Chamberlain a thòisicheadh ris an obair sin chuirte gu tàmh e an ealamhachd. Ach is duine làidir esan; nochd e a neart roimhe so air dhòigh 's nach faodar ni sam bith a ghabhas e os laimh a dràs a chur an neo-shuim. Tha Chamberlain am measg cheannardan nam pàirtidhean Breatunnach mar bha Saul am measg nan Israelach, na's àirde na iad uile; agus air an aobhar sin cha b' iongantach an gnothuch ged rachadh aige air an t-sluagh aomadh leis anns a' chùis so.

Is e th' aig Chamberlain 'san amharc Breatunn agus na <eng>colonies<gai> a cheangal na's dlùithe ri chéile na bha iad roimhe so, agus b'àill leis an ceangal sin a dheanamh le bannan-cusbuinn. Bhiodh e deònach cothrom a thoirt do na <eng>colonies<gai> ann am margadh Bhreatuinn nach biodh aig dùthchannan céin; gu'm

biodh feòil is gràn is nithean eile thatar a togail gu pailt ann an Canada 's an Australia air an leigeil a stigh do Bhreatunn cho saor 's a tha iad an dràsda, ach gu 'm biodh cìs bheag air a leagail air na nithean ceudna a' tighinn á dùthchannan céin. Gun teagamh dh' fheumadh na <eng>colonies<gai> an cothrom ceudna a thoirt do Bhreatuinn, air-neo bhiodh an gnothuch aon-taobhach. Tha Canada o chionn beagan bhliadhnachan a leigeil gach seorsa ceannachd a thig á Breatunn a stigh air da thrian dhe'n chis a tha aig ceannachd dhùthchannan eile ri phàidheadh. Ma theid le Chamberlain bidh gach aon de na <eng>colonies<gai> eile a' deanamh a réir sin, agus an dùthaich mhàthaireil a' deanamh fàbhair dhe'n t-seòrsa cheudna riuthasan. A dh'aon fhacal, bidh dorsan Bhreatuinn agus nan <eng>colonies<gai> na's fosgailte do mhalairt chàch a chéile na bhios iad do mhalairt dhùthchannan eile.

Cha'n eil eadhon a naimhdean a' faotainn coire do Chamberlain air-son a bhi toigheach air an Iompaireachd Bhreatunnach a tharruinn na 's dluithe ri chéile; 's ann tha iad a' faotainn coire dh'an dòigh 'sam bheil e 'cur roimhe feuchainn ri thoirt gu crìch. Tha iad cinnteach ma theid cìs a leagail air gràn 's air feòil gu'm bi biadh an duine bhochd air a dhaoradh; air tàille sin gu'm fàs gach seòrs' obrach cosdail, gu'm feumar prìs gach bathair a thatar a' deanamh 'san dùthaich àrdachadh; an sin gu'n caillear na margaidhean anns am bheillear a nis ga'n reic, agus air a cheann mu dheireadh gu'm bi soirbheachadh na duthcha air a chur air ais. Tha iad so na'n reusain chudthromach, agus faodar a bhi cinnteach gu'n cuirear fa chomhair an t-sluaigh iad anns gach dòigh am bi sin comasach. Agus o'n tha sluagh nan Eileanan Breatunnach air thoiseach air sluagh gach duthcha eile ann an eòlas air cuisean-riaghlaidh, faodar a chuis earbsa riutha fein le làn chinnt gu'n toir iad a' bhreith a bhios a chum math dhaibh féin agus soirbheachadh an duthcha.

Is aithne dhuinn uile cho eudmhor 's a tha muinntir nan Stàidean a thaobh latha-breith an dùthcha, an ceathramh la de dh'Iulidh. Ach cha'n eil fios againn uile gu bheil an dòigh 'sam bheillear ga 'chumail anabarrach cosdail do'n dùthaich-gu bheil mu cheithir ceud pearsa a faotainn bàis le spraidheadh fùdair 's le caochladh sgiorraidhean gach uair a tha 'n latha sin a' tighinn mu'n cuairt. Tha so na chall uamhasach, agus is gnothuch iongantach mur deanar oidhirp air stad a chur air le bhi bacadh nan innealan-teine leis am bheil a' mhor chuid dheth air a dheanamh.

As gach cearna dhe 'n dùthaich gheibhear sgeul ait o'n tuathanach. Tha am fear 's am bàrr air tionndadh a mach anabarrach math-moran na 's fhearr na bha dùil a dheanadh iad. Deireadh an òg-mhios, cha robh moran dòchais anns an dùthaich so a thaobh feòir is barra. Bha 'n t-earrach air bhi fad air ais, agus an samhradh fuar is tioram. Bha daoine air tòiseachadh ri iad-fein a dheanamh riaraichte leis na gheibheadh iad, 's gun dùil ris na gheibheadh iad a bhi mor. Ach bha iad air am mealladh. Thòisich an t-sìde ri bhi blàth, grianach, shil an t-uisge gu caoin, frasach, agus theann am fochann 's am fear ri éirigh o'n talamh. Uaithe sin cha b'urrainn sìde b'fhearr tighinn

air-son fàs is adhartas a thoirt air gach ni a bha 'n cur. Bha 'n t-uisge 's a ghrian mar gu'm biodh iad a' stri có aca bu mhotha dheanadh air-son an tuathanach; agus tha toradh na stri sin an diugh ri fhaicinn anns na machraichean. Bidh na saibhlean am bliadhna na's làine na bha iad o chionn iomadh bliadhna; bidh pailteas far an robh làn dhùil ri gainne; agus gheibhear an diugh aoibhneas far an robh, mios roimhe so, dìth dòchais agus call misnich. Tha so a' nochdadh cho fìor bheag 'sa tha na'r comas a dheanamh as eugmhais cuideachadh caomh an Fhreasdail. Faodaidh sinn gach ni a tha na'r comas a dheanamh, treabhadh is leasachadh, cur is cliathadh, ach mur sil an t-uisge 's mur blàthaich a ghrian bidh ar saotair an diomhain, agus cha dean sinn buain. Ach le cuideachadh an Fhreasdail, a bheir air an uisge sileadh, air a' ghréin dearsadh, 's air a' ghaoith séideadh, an deagh àm mar is àill leis, thig toradh nuair nach bi mor dhùil ris, agus soirbhichidh le laimh an dichionnaich.

'S i 'n sgeul mu dheireadh a fhuair air Marconi gu bheil e 'n deigh leasachadh a dheanamh air innleachd nan cogair-adhair a dh'fhàgas na fiosan moran na 's saoire na bhatar an dùil a bhitheadh iad. Air an dòigh ùir cha bhi feum sam bith air na tùir àrda chaidh a thogail an <eng>Glace Bay<gai> 's an àiteachan eile; cuirear an cogar air falbh á ofis mar nithear air fios-dealain cumanta. Ni so caomhnadh mor an innealan 's an togalaichean, agus lughdaichidh sin cosdas nam fiosan.

An Ridir Eachann Mac Dhomhnuill.

CHÀIDH iomradh caoimhneil, càirdeil a dheanamh ann am MAC-TALLA cheana air a' cheannard mheamnach, bhlàth-chridheach so. Is e Gàidheal gasda, foghainteach, bàigheil a bha ann. Is ann an inbhe iosal a rugadh agus a thogadh e. Dh' eirich e ceum an deigh ceum anns gach gnìomh 'us oidheirp a rinn e riamh. Bha faireachduinnean àrd 'us gaisgeil an t-saighdeir daonnan 'n a chridhe. Thainig e air aghaidh gu tapaidh, sònruichte 'nuair a chuir e 'n còta ruadh air agus a ghabh e àite ann am feachd a dhùthcha. Bha e co soilleir ri solus an latha gu ruigeadh e gun dragh 's gun teagamh inbhe àrd, chumhachdach, onorach am measg ceannardan a dhùthcha. Bha 'ghnàthachadh co modhail, beusach daonnan, agus bha e co càirdeil, neo-fhéineil, am feadh a bha e deanamh euchdan iongantach ann an stri nan lann, air chor 's gu robh meas mor aig gach saighdear air. Bha na Gàidheil aig an tigh 'us thairis anabarrach measail air, do bhrìgh gu robh e co seòlta, glic agus co curanta am measg nan saighdearan gu léir. Is iomadh gleachd chruaidh a chunnaic agus a rinn e. Is maith a tha fios aig a' cheannard àluinn Citchener air cia co treubhach, eòlach agus aghartach 's a bha Eachann Mac Dhomhnuill anns gach stri 'us blàr 'us connsachadh. Cha robh àite no onoir ann am feachd iomraiteach Bhreatuinn nach robh ann an slighe 's ann an tairgse Eachainn nam bitheadh làithean lionmhor aige. Bha doilgheas mor agus mulad trom air gach Gàidheal an tràth a chuala iad an teachdaireachd bhrònach, mhuladach gu d' thainig crìoch air a chuairt thalmhaidh le 'laimh fein. Is eiginn gu robh cràdh-cridhe uamhasach aige mu 'n do chrìochnaich e 'bheatha fein. Cha 'n 'eil

focal firinn anns an tuaileas a tha daoine gun iochd a' cur as leth a cheannard eireachdail. Tha àrd 'us iosal, ministear agus foirbheach ann an Albainn le aon ghuth 'us le aon chridhe 'moladh Eachainn, ged tha iad fìor-dhuilich gu robh smal 'us smuairian aig an àm co trom, doilleir, duaichni air cridhe 'n laoch air chor 's

[TD 18]

[Vol. 12. No. 3. p. 2]

gu d' fhàs e sgìth d'a bheatha. Tha airgid 'g a thrusadh thall 's a bhos airson clach chuimhne ghrinn, bhòidheach, shnasmhor a thogail a nochdas agus a dhearbhas air feadh gach linn 'us ial cia co mor 'us co domhain 'us co firinneach 's a bha meas 'us gaol nan Albannach air Eachann Mac Dhòmhuill.

CONA.

Naidheachdan.

Chaidh fear Uilleam Mulley a mharbhadh aig Beinn a Mharraich Di-luain s'a chaidh. Bha e 'g obair 'sa mhèinn aoil nuair a thuit meall creige air ga 'ghrad mharbhadh. Bhuineadh e do Newfoundland, agus dh' fhàg e bean is teaghlach.

Tha duine bha ann am baile Halifax air an t-seachdain s'a chaidh ag innse gu robh anns an acarsaid aig an àm naodh soithichean cogaidh. Bhuineadh a coig dhiù do Bhreatuinn, a dha do'n Ghearmailt, aon do'n Fhraing is aon do Argentina an ceann a deas America.

Cha do shoirbhich le muinntir na Mèinne Tuatha mar bu mhiann leo ann an cur as do'n bhric. Deireadh na seachdain s'a chaidh bha coig duine deug na'n laidhe tinn leatha; fhuair an tinneas sgaoileadh mu'n robh an luchd-riaghlaidh mothachail air i bhi anns a bhaile.

Cha d' rinn iasgairean Frangach St. Pierre ach cosnadh bochd air an t-samhradh so. Tha iad a nis a' tilleadh dhachaidh gun aca ach fìor bheagan air-son an saothair. Bha an t-iasg pailt gu leòr, ach cha cheadaicheadh Riaghladh Newfoundland biadh a chreic riutha, agus cha ghabh iasgach deanamh gun bhiadh. Thatar a' deanamh mach gu'm bi bochdainn mhor am measg nan iasgairean Frangach air a bhliadhna so-a chuid sin dhiu a bha 'g earbsa ri iasgach St. Pierre.

Bha spalpairean 'san arm Bhreatunnach (agus as an arm) a mhathaicheadh air daoine roimhe so gu robh e na thàire do'n rìgh a dheoch-slàinte òl ann an stuth 'sam bith ach fìon no deoch làidir eile. Chuir an rìgh fein glas-ghuib orra sin o chionn ghoirid nuair a sgriobh e litir ag radh gu robh e meas na 'urram a cheart cho mor a dheoch-slàinte òl ann an uisge ri òl ann am fìon no 'n deoch sam bith eile. Tha Rìgh Iomhar anns a' chùis sin a' nochdadh gliocais is tuigse mar tha e deanamh daonnan.

Seachduin gus a bhòn-de bha Iubili òir an Easbuig Chamarrain air a cumail ann an Antigonish. Bha àireamh mhor cruinn de phearsachan-eaglais 's de shluagh, agus chuireadh an latha seachad ga 'fhàilteachadh agus a' guidhe dha iomadh bliadhna eile de dheagh shlàinte 's de shaothair na 'dhreuchd. Tha an t-Easbuig Camaran tri fichead is sia bliadhna' deug a dh' aois; tha e o chionn leth-cheud bliadhna na shagart agus o chionn tri deug air fhichead na 'easbuig. Is e an t-easbuig a's sine tha 'n Canada. Tha e fhathast na dhuine slàn, fallain, agus a fhradharc 's a chuimhne 's buadhan inntinn cho math 's a bha iad riamh, Tha e riaghladh thairis air ceithir fichead is sia deug eaglais, agus tha ceithir fichead is da shagart fodha.

Chaochail an t-Urr. Domhnull Sutharlan, ministear Ghabarus, aig a dhachaidh 'san àite sin seachduin gus an dé. Bha e 'n déigh a shuiper a ghabhail, agus shuidh e taobh a muigh an taighe a leughadh paiper-naidheachd. Beagan mhionaidean an deigh sin fhuair e marbh e na shuidhe anns a chathair. Ged nach robh e ann am fìor shlàinte o chionn treis a dh' ùine air ais, cha robh gearain sam bith aige aig an àm, agus cha robh dùil sam bith ri bhàs. Bha seirbhis a' chomanachaidh ri tòiseachadh air an ath latha. Bha Mr. Sutharlan thairis air tri fichead bliadhna 's a deich a dh' aois. Fhuair e cead searmonachaidh 'sa bhliadhna 1860, agus sia bliadhna an deigh sin bha e air a shuidheachadh ann an Gabarus. Shaothraich e roimhe sin ann an Ceap Nòr, anns na Stàidean an Iar agus an Ontario. Bha e na shearmonaiche comasach am Beurla 's an Gàilig, agus dh' oibrich e gu dìleas. Bha e na dhuine aig an robh deagh fhoghlum, 's aig an robh sgil ann an ealain no dha. Bha e air a thiodhlacadh aig da uair feasgar Di-sathuirne an deigh do sheirbhisean an latha bhi seachad. Bha a chuid bu mhò de 'n chléir agus àireamh mhor de 'n t-sluagh a làthair.

Bha teine millteach ann an Canso, N. S., Di-luain s'a chaidh leis an deachaidh ceidheachan agus togalaichean a losgadh a b' fhiach deich mìle fichead dolair. Bha 'n teine cho doirbh aon uair 's gu'n robh e coltach gu'm biodh am baile gu h-iomlan air a losgadh.

Tha am bàrr ùbhlán ag amharc glé mhath ann an Nobha Scotia air an fhoghar so. Thatar a' meas gu'm bi eadar ceithir is coig ceud mìle barailte dhiù air an cur air falbh do Bhreatuinn 's do na Stàidean a bharrachd air na chuirear am feum anns an dùthaich so fhein.

Thainig bàs aithghearr air bean Alasdair Jardine anns a Mheinn a Tuath. Bha i feasgar Di-sathuirne s'a chaidh a bleoghann mairt nuair chaidh i ann an laigse, 's i air a bualadh le pairileis, agus maduinn an ath latha chaochail i. Bha i de mhuinntir Eilein a Phrionnsa. Bha i tri fichead is seachd bliadhna dh' aois.

Chaidh Frangach d'am b' ainm Morneault a mharbhadh aig <eng>Green River, <gai> N B., le Sirianach ris an robh e ag aimhreit. Bha'n daorach air an Fhrangach, agus air do'n t-Sirianach a bhi dol seachad air an àit aige thainig iad gu builleann 's gu tilgeadh chlach. Bhuail an Sirianach clach mhor air Morneault 'sa cheann, ga leòn cho dona 's gu'n do chaochail e maduinn an an ath latha. Tha an Sirianach gun ghlacadh fhathast.

Chaidh seòladair Frangach a bhàthadh aig Sidni Tuath oidhche Di-dòmhnach s'a chaidh. Bha e-fein is seòladair eile a' sabaid air bòrd soithich-iasgaich air an robh iad, agus chaidh iad thar taobh an t-soithich. Fhuair am fear eile e-fein a shàbhaladh le greim a dheanamh air ròp, ach bha am fear so air a bhàthadh, agus tha 'chorp gun fhaighinn fhathast. Thatar ag radh gu robh an daorach air an dithis aca nuair a thachair an sgiorradh.

Tha Cuideachd an Iaruinn is Cuideachd a' Ghuail ri bhi air an dealachadh o chéile. Chaidh an aonadh o chionn bliadhna no dha air ais, ach fhad 's a bha iad cuideachd cha robh cùisean a' soirbheachadh, 's tha iad a nise 'dol a bhi mar bha iad an toiseach, ag obair air leith. Thatar ag radh nach eil cuid dhiùsan aig am mò a bheil de dh' airgiod anns an da chuideachd glé chàirdeil ri chéile; gu bheil an dara fear gun tàmh a feuchainn ri làmh-an-uachdair fhaotainn air an fhear eile, agus gur mò tha 'n aire air sin na air cumail air adhart gnothuch nan cuideachdan. Ma tha sin fìor 's ann dealaichte o chéile a's fhearr iad.

Cha b' urrainn dhuinn àite thoirt 'san àireamh so do ainmean na muinntir a phàidh, ach fàgaidh sin an cùntas na 's mò anns an ath àireamh. Chuir grunn laghach dhe 'n luchd-gabhail ugainn pàidheadh na bliadhna air a' mhios a dh' fhalbh; agus phàidh beagan air-son dha no trì bhliadhnachan air ais. Tha sinn an comain gach aon aca, 's tha sinn an dòchas gu 'm bi an deagh eisimpleir air a leantuinn le moran eile. Tha luchd-deasachaidh is clòthachaidh nam paipeirean-naidheachd a thaobh nàdair gle choltach ri daoine' eile: nuair nach bithear ga 'm pàidheadh caillidh iad am misneach; agus nuair gheibh iad an cuid fein gu riaghailteach, bheir e togail mhor dhaibh.

Maduinn Di-màirt s'a chaidh bha 'n Cardinal Sarto air a thaghadh mar Phàp. Bha 'n taghadh a' dol air aghart fad thri no cheithir de làithean mu 'n d' fhuair e an àireamh bhòtaichean a thaghadh e-da thrìan dhe 'n làn àireamh. A réir an t-seann chleachdaidh bha na <eng>cardinals<gai> air an dùnadh a stigh ann an ionad leotha fein, far nach ruigeadh ni no neach o'n taobh a mach iad gus am biodh an taghadh seachad. Bha seòmraichean air leth aig gach aon aca, agus luchd-frithealaidh; ach cha robh comas dol a mach no teachd a steach aig aon sam bith. Gach uair a chaidh iad a bhòtadh gun taghadh a dheanamh, bha na bhòtaichean air an losgadh ann an teine de chonnlaich bhuig, agus bha 'n ceò dubh a bha sin a deanamh ag innse dhaibhsan a bha muigh nach robh taghadh ann fhathast. Ach nuair bha 'n taghadh air a dheanamh bha na bhòtaichean air an losgadh ann an cònnlaich thioram, agus thuigeadh o dhath a' cheò gu robh obair nan <eng>cardinals<gai> crìochnaichte. Tha 'm Pàp ùr trì fichead is ochd bliadhna dh' aois, na 'àrd-sgoileir 's na shearmonaiche ainmeil. Ghabh e mar ainm Pius X.

EIRINN.

THA Rìgh agus Bàn-rìgh Bhreatuinn a nis ann an Eirinn. Tha iad a' faotuinn mar is cubhaidh dhoibh, aoidheachd ghasda. Tha na h-

Eirionnaich mar a bha iad riamh, caoimhneil, carthannach, agus blàth-chridheach ann an tomhas mor. Cha 'n 'eil sluagh air bith aig am bheil muirn a's modha airson nan daoine 'bhuineas doibh. Is iomadh mìle mac 'us nighinn ann an America 'chur agus a tha 'cur moran airgid a tha iad a' cosnadh le dichìoll mor, thar a' chuain airson comhfhurtachd a cheannach agus 'fhaotuinn do 'n athair 'us do 'm màthair an trath a tha iad ann am feasgar an laithean agus a tha an treoir fann. Tha na h-Eirionnaich ann an Dubhluin a' nochdadh tlachd 'us toileachais anabarrach do bhrìgh gu bheil Rìgh 'us Ban-rìgh Eirinn a nis 'n am measg. Is e Rìgh gasda, glic, caoimhneil, curanta, eòlach a tha againn a nis. Bha e daonnan measail air a mhàthair agus dileas di anns gach nì, mar da rìreadh a bu choir da bhi; oir bha a mhàthair, a' Bhàn-rìgh Bhictoria, glic, teoma, stuama, caoimhneil, geamnuidh, measarra, fiughanta mar nach robh ban-rìgh riamh. Cha robh ann am Breatunn roimhe so rìgh eile 'bha co glic, neo-fhéineil, stòlda 'sa tha 'n Rìgh Imhear a tha againn a nis. Bhitheadh na h-Albannaich gle thoilichte nan gabhadh e ainm eile an trath a thòisich e air rioghachadh an deigh bàs a mhàthar. Bha Imhear no dha 'n an rìghrean ann an Sasunn a rinn moran uilc do thìr nan Gàidheal anns na linn-tean a dh' fhalbh. Nan gabhadh an Rìgh ainm athar Albart, <eng>(Albert)<gai> bhitheadh na Breatunnaich anns gach cearna de 'n t-saoghal gle thoilichte, oir is e prionnsa comasach, eireachdail, ealanta 'bha ann am Prionnsa Albart. Thug e còmhnadh iongantach do 'n Bhan-rìgh, leis a' ghliocas, agus leis a' chaoimhneas agus an tlàths a bhuineadh ann an tomhas mor dha. Chaidh an rìgh cheana do mhor-thìr na h-Eorpa, agus shoirbhich leis ann an càirdeas follaiseach a dhaingneachadh eadar an Fhraing agus Breatunn gu sònruichte. Tha buaidhean agus tuigse àrd 'us àluinn aig an Rìgh, do bhrìgh gu bheil e cheana a' sgaoileadh sìth 'us seasgaireachd far am bheil ughdarras aige, 's gu bheil e mar an ceudna soirbheachadh anns an oidheirp a tha e 'deanamh airson crìoch a chur air othail 'us upraid Eirinn. Cuiridh na h-Eirionnaich anns gach àite de 'n dùthaich fàilt' 'us furan aobhach air Rìgh aluinn Eirinn, agus air a' Bhan-rìgh eireachdail. Tha daoine 'g radh, gu bheil e am beachd an Rìgh tuineachadh a dheanamh ann an Eirinn re ùine bheag no mhor gach bliadhna. Nì e mar so maith mor, ann an crìdheachan nan Eirionnach a thàladh ris a' Chrun 'us ris an Rioghachd leathunn, mhorail, bheartach, thar am bheil Imhear a' rioghachadh gu comasach, firinneach, gleusda.

Is anns na bliadhnachan a tha fada air falbh a thòisich eachdraidh Eirinn. Tha filidhean na dùthcha 'gabhail tlachd iongantach ann a bhi 'g innseadh cia mar thainig eilthirich bho 'n Eiphit fein, a ghabh sealbh ann an Eirinn, agus a bhrìst fearann reamhar, torach, farsuing na dùthcha. Gun teagamh tha e taitneach do gach neach a tha ceangailte ris an dùthaich so, a bhi 'cur an smuaintean air an ais gus na linn-tean òga ud, anns an robh soirbheachadh 'us innleachd 'us dichìoll fathast ann an tùs an làithean. Tha Eirinn da rìreadh fìor-bhòidheach. Tha snuadh fiamh-ghaireach gorm aig iomadh àm air gach fonn 'us faiche 's learg 'us comhnard. Bha sluagh ro-lionmhor a' gabhail comhnuidh ann an Eirinn bho cheann trì fichead bliadhna, an uair a thainig galar uamhasach anns a' bhuntàta. Anns a' ghort eagalach a thainig air Eirinn chaochail iomadh

[TD 19]

[Vol. 12. No. 3. p. 3]

neach a bha làidir, fallain, cruadalach roimhe so. Rinn Sasunn 'us Albainn, agus Rioghachdan eile le dealas faoilidh, stri anabarrach air biadh a chur do 'n dùthaich airson na h-Eirionnaich bhochda 'chumail beo 's a thearnadh bho bhàs an ocrais. Dh' fhàg an ùine ghearr mìltean dùthaich an athraichean agus an òige fein, agus chaidh iad gu h-America, Australia, 's ionadan eile de 'n t-saoghal, far an do shoirbhich leo gu gasda, far an d' fhuair iad dachaidhean mhaith doibh féin, far an robh iad sona 's toilichte, 'us far am bheil an clann lionmhor, deanadach, cumhachdach, 'us urramach. Tha sinn mion-eolach air gach farum 'us stri 's fuaim a rinn aireamh de chàirdean amaideach Eirinn, airson an ceangal a bhristeadh a tha 'nasgadh na dùthcha sin ri Breatunn. Thainig crìoch air an stri neo-ghlic so, 's aig an àm so fein, tha dochas laidir aig gach neach gu cur an lagh a tha 'nis air beulthaobh na Pàrlamaid, crìoch air gach eucoir a bha 'n duine bochd a' fuiling ann an Eirinn, agus gu bi 'na dhéigh so bochd 'us beartach sona 's toilichte agus fìor-chairdeil ri 'cheile. Is gaisgeil agus is measail a tha na h-Eirionnaich daonnan anns gach cogadh a's eiginn do Bhreatuinn a dheanamh ann an cearna air bith. Ann an cogadh mu dheas Africa, nach bu ghaisgeil, cumhachdach, neo-sgathach na ceannardan Eirionnach: Raibirts, Citchener, <eng>French, White,<gai> 's iomadh laoch tapaidh, easgaidh, foirmeil eile.

CONA.

EOBHAIN BAN MAC AN T-SAIGHDEIR.

LE SEUMAS N. MAC FHIONGHAIN.

CAIB. XI.

AN SEALGAIR AIR A GHLACADH-AN DUINE MOR BEAG-CO-DHUNADH GLIC-DLUTH DO 'N NAMHAID.

DH' FHAIRICH Eobhain bàn e fhein ag éirigh o thalamh. Ach o'n a bha e na 'chadal a brudar air a ghàbhadh air bhàrr nan tonn, agus 'san àm ga fhaicinn fhéin ri stri chruaidh a cumail nan stuadhan caoireach o dhùnadh m'a cheann, thug e leum as, an dùil gu 'n robh bhruadar fìor. An uair a dh' fhosgail e 'shùilean, bha ceathrar cheatharnach lùthmhor mu 'n cuairt air, is iad ga 'ghiùlan gu bàta bh' air flod làmh riutha. Thug e ionnsuidh air faighinn as an lamhan, ach cha rachadh aig' air làmh no cas a ghluasad-bha e air a cheangal gu teann, sàbhailte. "Feumaidh," ars' esan ris fhein, "gu 'n robh mi 'n crìochan iomallach na suain an uair a fhuair iad an cothrom so orm." Ach ged a bha e sin, cha robh fios aige gu 'n robh bhuidheann aig an robh e coimhlionta air an obair. Smaointich e 'n toiseach gu 'm b'e tuilleadh de dh' innleachdan a sheann nàmhaid Caiptean Adam a bha so. Agus air dhaibh a bhi nis 'sa bhàta 's a

tarruinn o thìr, dh' fhaighneachd e co iad, no dé bha iad a' ciallachadh, no dé 'n t-aobhar a bh' ac' a thoirt air falbh 'san dòigh ud.

"Ma ta, 'charaid," arsa fear dhiubh, "innsidh mi sin dhut. Agus bheirinn a chomhairl' ort gu 'n leigeil le d' theangaidh ruith cho luath gus am bi d' anam 's do cholunn leat fhéin a rithist. Bha mi-fhìn 's mo chompanach," ars' esan, "a sealgaireachd do Rìgh Deòrsa, agus tha fios agad fhéin gu bheil e car neònach an so ('s e toirt buille bheag dha fhein 'sa cheann). Mar sin 's e 'n àithn a thug e oirnn, an t-sealg a ghlacadh beò agus toil aige beagan luchdan loingeas a chur a null gu 'charaide Bonaparte air-son 's gu 'm biodh iad ùr ri 'marbhadh aige fhein 's aig a chuid Fhrangach. Dh' innis do charaide, Osdair Dubh Ghlinn air choireigin, c'ait' an rachadh againn air coileach math mor fhaighinn, 's mar a thubhairt b' fhior; oir air dhuinn a bhi 'n diugh ag ialadh ri cladach, chunnaic sinn e na 'chadal gu trom, agus seul an rìgh, tasdan briagha geal na 'dhòrn."

Thuig Eobhain mar a bha, agus dh' innis e dhaibh mu sheann mhàthair, 's nach robh aic' ach e fhein, agus ghuidh e orra 'chur gu tìr.

"O," ars' an ceannard 's e deanamh gàire magaidh, "neo-ar-thaing nach fhaigh gealtairean òga leisgeulan 's na làithean so air-son am fàgail aig an luaithe, mu 'n ith Boni iad. B' aithne dhomh aon fhear," ars' esan, 's e tionndadh gu subhach ri càch, "a ghabh a leisgeul fhein cho dichollach 's gu 'n duirt e gu 'n robh da sheann mhàthair aige stigh agus leth-dusan seanamhair. Ach," ars' esan, 's e tionndadh ri Eobhain, "sgriobh thusa gu Rìgh Deòrsa, agus cuiridh e long le luchd bhonnach agus té eile le brochan is bainne gu d' mhàthair, agus bidh i mar sin na 's fhearr dheth na ged a bhiodh tu còmhla rithe."

Dh' fhàs aodann ar curaidh dearg air dha so a chluinntinn, 's gu h-àraidh mu ghealtachd. Bha chasan a nis fuasgailte, agus bha 'n seirdsean na shuidhe dlùth dha, 's daga aig' air a ghlùin. Mar an dealanach chaidh cas Eobhain fodha, 's sheòl e suas 's a mach air beul a bhàta.

"So!" ars' esan; "na 'm biodh mo lamhan agamsa cha b' ann an sin a stadadh tu, agus bhiodh fios agad am bu ghealtair mi an uair sin air do chosg fhein."

Rinn càch gàire, oir bha gràin an uilc aca air an ofigeach mhor bheag so, a bha cho àrd 's cho moiteil ri coileach Turcach o'n fhuair e ceum no dha os an cionn, 's mar sin cha do ghreas iad iad fhein idir gus a thogail, ged a bha iad ma b' fhior a deanamh cabhag mhor. Shàbhail iad e co-dhiù, 's mu 'n rachadh aig' air moran millidh a dheanamh an déigh a bhogaidh, ràinig iad long 's chaidh iad air bòrd.

Mar tha fios aig an leughadair bha Breatunn air a sàrachadh le cogadh Bhonaparte air tìr-mor na h-Eorpa roimhe so, agus bha i thun nan cluasan an ainbheach air a thàille. Ach ma bha 'n riaghladh

sgìth, ciamar a bha na saighdearan bochda? air dhroch bhiadh is aodach a' dòrtadh an cuid fala air-son dhùthchannan eile. Bha na Frangaich le làmhachas laidir a tighinn beò air bloinig nan dùthchannan so—a togail gun phàidheadh gach ni 'bhiodh uatha. Ach cha fhreagrachd so do na Breatunnaich, a bha feuchainn ri 'n saorsa fhaighinn do na daoine truagha a bha ga 'n àiteachadh. Ged nach 'eil eachdraidh a toirt iomradh air, bha moran a' teicheadh as an arm, 's gu h-àraidh an uair a bha balbhadh sìth ann a nis, 's an leoghan mor Boni air a chur do dh' eilein beag Elba bha iad a gabhail a chothrom, agus shàbhail iad iomadh tasdan do dh' ionmhasair Bhreatuinn air an dòigh so. Ach a nis, an uair a tha fir-ionad nan cumhachdan mòra gu socair, sòghmhor am baile-mor Bherlin, a toirt breith air Boni, 's a feuchainn ris na snaimeannan a chur e air an taod fhuasgladh air an socair fhein le aon laimh, 's an te eile 'crathadh lamh caraide no 's docha cumail suas glain' fhion, tha 'n curaidh mor ma sgaoil gun fhios dhaibh, 'sa faighinn deiseil a chroinn gus an saoghal a threabhadh a rithist. Mar sin bha, an uair a sgaoil an sgeul, cabhag air trusadh dhaoine a thàirneadh ceann an amaill an aghaidh Bhoni, agus mar a chaidh a radh bha féill air òganaich, 's gu h-àraidh òganaich na Gàidhealtachd-saighdearan a's fhearr fo 'n ghréin.

An déigh faighinn do 'n luing agus a bhi greis a smaointinn mu 'n chùis, chunnaic Eobhain bàn nach buanaicheadh e moran le tòiseachadh ri breabadh an aghaidh a ghath, agus gur dòcha gu 'n cailleadh e moran, 's dòcha a bheatha ri linn. Mar sin smaointich e air a chuid a b' fhearr a dheanamh dhe shuidheachadh 'san àm, agus striochdadh do na dàin, 's gun fhios dé bh' aca na 'm pasgain sheulte 'feitheamh air, ach e fhein a ghluasad gu faicilleach 's le dìlse fo na cumhachdan ùra so. An ùine ghearr thog e ionnsachadh an airm, agus bha e cho coimhliont' ann mu 'n do ràinig iad stall na trioblaid 's gu 'n robh sùilean nan ofigeach ga thaobh le fàbhar. A bhàrr air a sin thachair ni air an luing a tighinn a mach a chuidich gu mor leis.

Thachair gu 'n robh òganach dùr air bòrd a chaidh a sgibadh air falbh, mar a dh' eirich do dh' Eobhain fhein; ach an uair a chunnaic am fear so nach robh dol as aige, chaidh e gu raige, 's cha striochdadh e 'san anail ann. Mu dheireadh an déigh moran fhulang o'n fheadhainn a bha ga 'bhristeadh, chaill e 'chiall buileach glan, 's cha robh uaithe ach aicheimhail air cuideigin. Bha chead 'san luing aig Eobhain bàn, 's a thaobh e bhi eolach air marachd, bhiodh e gle thric còmhla ris an sgioba, agus chuir an sgiobair fhéin a dh' urram air na dh' iarr a bheachd air coltas na sìde uair no dha. Air aon oidhche dhorcha, bha e gu h-àrd air an dec, ach bha 'smaointean fad' air falbh 'san àm, 's mar sin cha robh moran for aige air a chuirteachadh. Bha 'n sgiobair aig an stiùir, 's a chùl ris: bha fios aige air an uiread sin. An ceann tacain thug e an aire do shlaoid dhorcha sìnt' air na bùird eadar e 'san sgiobair. "Cuibhle bhall no rudeigin," thuirt e le leth aire,—'s an sin lean e 'n còrr dhe smaointinn dh' an Dùn, gu mhàthair bhrònach 's gu Màiri bheag ghaolach, thruacanta. "Ciod a bha iad a smaointinn a dh' éirich dha. Ciod—" Laidh a shùil aig a so air an t-slaoid dhuibh. Cinnteach gu leor bha e gluasad-cinnteach gu leor bha e na bu dlùithe do 'n

sgìobair a nis-ach a gluasad cho balbh ris a bhàs. Chunnaic e e 'g éiridh air a ghlùin air chùl an sgiobair-chunnaic e e 'deanamh deas gu fàillidh gu éirigh na 'sheasamh, 's ni trom air choireigin na laimh an tarruinn. Chrom Eobhain 's chuir e 'sgian air barr-iall a bhròg, 's chuir e dheth gu balbh iad, agus le aon leum bha e aige, an uair a bha làmh deas gu tighinn a nuas le geimhleag throm iaruin air ceann maol an sgiobair. Le stri chruaidh chum Eobhain am fear caothaich gus an d' thàinig cuideachadh is soluis cheart, agus chunnaic e 'n uair sin le cinnt, gu 'm b' e 'n gille bochd Gàidhealach air an d' thug sinn iomradh roimhe bh' ann, an déigh faighinn ma sgaoil gu h-innleachdach 's le gleusdachd a nochdas a sheòrsa gu tric. Thuig mar an ceudna 'n sgiobair cho faisg 's a chaidh am bàs air, 's cha 'n 'eil ioghnadh ged a bhiodh e 'n comain an fhir a' shàbhail a bheatha. An uair a ràinig iad tir fhuair Eobhain, air iarrtas an sgiobair, do reiseamaid Ghall, air an robh dlùth charaid do 'n mharaiche fhein na cheannard, agus mar so mu 'n do ràinig e na h-àir fhuilteach fhuair e bhi na sheirdsean.

Bha nis neart an airm a' cruinneachadh 's na dùthchannan iosal, far 'n do ghreas Boni mor le 'chuid Fhrangach gus coinneamh gharbh a thoirt da naimhdean. Bha làn dhùil aig an t-saighdear mhor a bhuille bhàis a thoirt dhaibh le gearradh eadar an dabhuidheann-na Breatunnaich 's na Pruiseanaich-'s an dochann fa leith, na Breatunnaich mar gu 'm b' eadh leis an laimh dheis, 's na Pruiseanaich leis an laimh chli. Bha meadhain an t-samhraidh a nis ann, ach cha robh an t-sìde ro fhàbharrach idir. Bha deoir na speur a' tuiteam gu frasach 'san àm, 's a ghrian 's a ghealach ga 'm falach fhein gu tric o shùilean na mìltean a bha 'n so cruinn an naimhdeas nimheil-bithean reusanta-rìghrean na cruinne-duine an aghaidh duine-agus gach inneal bàis bu sgriosaille na chéile aig gach aon gus a cho-chreut-

[TD 20]

[Vol. 12. No. 3. p. 4]

air a chur gu bàs 's gu breitheanas na'n dùin, agus so uile air tàille aon duine, aon chreutair beag dh' am fòghnadh luath no mall, an ùine ghearr, sloc beag cumhann mar oighreachd-boinne 'n cuan gun teagamh laimh ris an t-saoghal a dh' fheuch e ri cheannsachadh dha fhéin.

Tha 'n oidhche air tuiteam, oidhch' a choigeamh latha deug de dh' Iun, 1815. Tha na campaichean aig fois, iomadh laoch a' cur seachad na h-oidhche mu dheireadh dhe 'bheatha 'san t-saoghal. Cha'n 'eil ri 'm faicinn a' gluasad ach an luchd-faire, 's na teintean an drasda 's a rithist a' caitheamh dreòs dhearg os an cionn, a toirt suas na h-analach 's na mionaidean deireannach. Ach tha aon phailliun anns am bheil beatha gluasad, agus anns am bheil gnothaichean cudthromach a' dol air adhart, agus 's e sin àite-taimh an Diùc Iaruinn, Wellington fhéin. Tha e mar ìomhaidh na shuidhe, a smig tiodhlaichte 'n colair a chòt' 's e trom smaointinn, air a chuirteachadh le 'cheannardan. An déigh dha bhi greis mar so, is càch a' cograich na

'm measg fhéin, thug e lamh air peann 's air paipear 's thòisich e gu luath air sgrìobhadh. An déigh an litir a sheuladh sheall e mu 'n cuairt air.

"Ah!" ars' esan, "a Mhic-a-Ghobha 's tu cheart duine tha bhuam! Tha thu eòlach 'san dùthaich so nach eil?"

"Tha, mo thighearna; chuir mi seachad iomadh bliadhna 'san àite; agus tha mi eòlach air an cainnt mar an ceudna."

"Gle mhath! Gabhaidh tu 'n litir so agus bheir thu i seachad do laimh Bhlucher fhein. Geard le d' bheath' i; oir tha moran an crochadh rithe. Agus ma 's aithne dhut duine fìor earbsach thoir leat e, agus innis dha mu 'n chùis, los ma thuiteas aon an lamhan nam Frangach gu 'm feuch am fear eile ris an litir so a liubhairt. An aithne dhut a leithid so de dhuine?"

"Gu leor, mo thighearna. Ach tha seirdsean na m' reiseamaid fhin a tha fìor threun, agus cho earbsach ris na glasan. Tha e—"

"Ni sin an gnothuch, a Chaipitean. Bi falbh. Tha fios agad air do chunnart, 's dean do dhìchioll." Bha 'n t-ofigeach a tionndadh air falbh le aogas anns nach robh moran subhachais, a thaobh nam briathran so. Ach aig a mhionaid shìn an Diùc a lamh dha, 's le fiamh gàire air aodann tana, thubhairt e, "Turus math leat, a Chaipitean! Tha earbs' agam asad. Agus beannachd leat gus an coinnich sinn a rithist."

Dh' fhalbh na neoil bhar aogas a chaipitein, 's le cridh' aotrom ghabh e mach, 's air dha faighinn gu àite fhein chuir e seirbhiseach le brath gu Eobhain bàn mac an t-saighdeir tighinn ga ionnsuidh gun dàil.

(Ri leantuinn.)

AN T-URR. UILLEAM ROS.

CHA 'n eil teagamh againn nach bi àireamh mhor de ar leughadairean toilichte cùntas gearr fhaotainn air aon de mhinistearan Gàidhealach na h-Eaglais Shaor Aonaichte. Tha an cùntas a leanas air a thoirt as An Fhianuis.

Rugadh an t-Urr Uilleam Ros aig Allt a' Chliabhain ann an sgìre Lathereoin an Gallaobh o cheann sè agus trì fichead bliadhna. Bha 'athair, Murachadh Ros, 'na shaor-chairtean agus 'na mhuilleir 's a' chearn so. B' i a mhathair, Cristian Nic Aoidh, nighean de Mhaidair Uilleam Mac-Aoidh. Rugadh i ann an Gibraltar. Bha Mr. Murachadh Ros agus a bhean 'nan càraid air an robh eagal an Tighearna. B' e brathair-seanar Mhr. Murachadh Ros, an t-Urr. Uisdean Ros, a' cheud mhinistear soisgeulach a bha ann Cilldonan an Cataobh, agus b'e a sheanair a' cheud mhuilleir a bha 's a chearn cheudna de shiorramachd Chataoibh. Thàinig Mr. Murachadh Ros gu eòlas na fìrinn ann an laithean 'oige, agus bha e 'na fhianuis fhollaiseach air

taobh Chrìosda gus an do chaochail e an 1864 aig ochd agus trì fichead bliadhna a dh' aois. Rinn Mrs. Murachadh Ros an "roghainn mhaith," an uair a bha i 'na caileig bhig agus chaith i a beatha ann an ùrnuigh agus ann an co-chomunn nan naomh, gus an do chaidil i ann an Iosa, ann an tigh a mic, an t-Urr. Teàrlach Ros, ministear caoimhneil, measail, na h-Eaglais Shaoir Aonaichte an Dunbeath ann an siorrachd Ghallaobh. Aig àm a bàis bha Mrs. Ros ceithir fichead bliadhna dh' aois. Thug a mhàthair so ann an Israeil trìùir mhac gu 'bhi 'nam ministeirean dileas diadhaidh ann an Eaglais Chrìosda. 'S iad an ainmean, an t-Urr. Uilleam Ros, teachdaire ainmeil, soisgeulach na h-Eaglais Shaoir Aonaichte anns na "Cowcaddens" an Glaschu; an t-Urr Teàrlach Ros, ministear cliùiteach na h-Eaglais Shaoir Aonaichte ann an Dunbeath an Gallaobh, agus an t-Urr. Iain Ros, a tha o cheann àireamh bhliadhnachan 'na sheirbhiseach fiùghail ann an <eng>"New Zealand."<gai> Tha fhios againn gu 'm bi ar leughadairean Gàilig glé thoilichte am beagan nithean a leanas a chluinntinn mu ar caraaid gràdhach an t-Urr. Uilleam Ros:-

Cosmhuil ri iomadh gille òg tapaidh Gaidhealach fhuair Mr. Uilleam Ros a' cheud chuid d'a ionnsachadh ann an sgoil sgìreachd a bhreith is àirich. An 1857, chaidh e do 'n Fhòghlumaid an Dunéideann 's am bheilear a' fòghlum ghilleann òga agus nigheanan òga co-cheangailte ris an Eaglais Shaoir Aonaichte gu 'bhi 'nan maighstirean-sgoil agus 'nam bana-maighstirean-sgoile. An so choisinn e a theisteanas o'n Chrùn air son maighstireachd-sgoil. Ann an sùil ri foghlum air son na ministeireachd chaidh Mr. Uilleam Ros, do Oilthigh Dhunéideann an 1859. An so tha sinn a' tuigsinn gu 'n do shaoithrich e gu coguiseach, dichiollach, agus gu 'n do choisinn e Bursaraidh a b' fhiach ochd agus ceithir (£88) fichead punnd Sasunnach.

Fhritheil Mr. Ros Talla Diadhachd na h-Eaglais Shaoir Aonaichte an Dunéideann. Aig an àm so bha 'n Dr. Tomas MacLachainn a' teagasg clas Gàilig an Dunéideann, agus 's a' chlas so choisinn Mr. Uilleam Ros a' cheud gheall. Tha sinn de 'n bheachd gu'n robh e 'na fhear-ceasnachaidh nan Sgoilean Gàilig mu 'n cuairt air dà bhliadhna dheug, agus gu'm bheil trì bliadhna, thar fhichead (23) o'n a thòisich Mr. Ros co-cheangailte ri Talla Diadhachd na h-Eaglais Shaoir Aonaichte an Glaschu air clas Gàilig a theagasg air son na ministeireachd. Tha 'n clas so 'na chuideachadh mòr do oganaich Ghaidhealach. Tha e mar an ceudna 'na bhall de dh' iomadh Comunn Gàilig fòghluimte. An 1867, thug coimhthional Gàilig Bhaile-bhòid gairm aon-sgeulach do 'n Urr Uilleam Ros, agus an Nobhember 1, 1867, shuidhich Cléir Dhunothain agus Ionaraora e 'na mhinisteir 's a choimhthional so. Fhuair Mr. Ros, aig a' cheart àm so, gairmean o choimhthionalan eile ach roghnuich e Baile-bhòid. Bha' shaothair air a beannachadh gu mor 's a' bhaile so. An 1883, dh' atharraicheadh Mr. Ros gu coimhthional nan "Cowcaddens" Glaschu. Fad nan fichead bliadhna so chaidh, tha dorus na h-Eaglais so fosgailte a' h-uile h-oidhche Sàbaid agus seachduinn. An so dh' aidich an Tighearna gu mòr saothair a sheirbhisich. 'S aithne do mhuintir aig an tigh agus ann an tìrean céin an obair spioradail bheannaichte a rinn Mr. Ros ann an Glaschu. Bha co-theachdairean Mhr. Ros 's na "Cowcaddens," an toiseach an t-Urr. Seumas Muir, B. D., agus a nis an t-Urr. Adhamh Renig, M. A., 'n an co-oibrichean nach ruigeadh a leas nàire a

ghahhail a roinn facal na fìrinn gu ceart. Tha Mr. Ros a nis 'na aon de shoisgeulaichean na h-Eaglais a' searmonachadh soisgeul na Rìoghachd tuath agus deas am measg Ghaidheal is Ghall. Bha Mr. Ros mu 'n cuairt air seachd bliadhna na chléireach a' Chomuinn Ghaidhealaich, aig an robh mar cheann-suidhe glic agus seòlta fad iomadh bliadhna an deadh sgoileir Gàilig, an t-Urr. Tomas MacLachainn, L L. D.

An 1852, dh' aon an t-Urr. Uilleam Ros e féin ri Comunn Albannach na Stuamachd. Ann an raon na stuamachd aig an tigh agus bho 'n tigh cha 'n aithne dhuinn teachdaire a shaoithrich na 's dùrachdaiche agus na's dilse na Mr. Uilleam Ros. Bha e 'na mheadhon ann a bhi a' sàbhaladh mòran o thràillealachd agus o mhallachd na misg.

Air a' gheamhradh so chaidh rinn Mr. Ros gnìomh eireachdail, ion-mholta, air son na h-Eaglais Shaoir Aonaichte. Air do Dhr. Iain Smith Dhunéideann, a bhi neo-chomasach a thaobh droch shlàinte air òraidean air Diadhaireachd Shoisgeulach <eng>(Evangelistic Theology)<gai> a thoirt d'ar fòghlumaichean òga ann ar Tallaidhean Diadhaireachd, dh' iarr Comunn nan Oilthighean air Mr. Ros òraidean a liobhairt air a' phuing so do ar fòghlumaichean òga. Rinn Mr. Ros so ann an rathad a thug mor riarachadh do'n luchd-riaghlaidh agus do ar n-oileanaich òga. Air son a shaothair 's a' chuis so, thug iad uile buidheachas mòr dha. Bithidh an obair shònruichte a rinn Mr. Ros anns na "Cowcaddens" an Glaschu 'na carra-cuimhneachain air a dhìlseachd, air a ghibhtean, agus air a ghràsan fad iomadh bliadhna ri teachd.

Tha Mr. Ros 'na shearmonaiche soisgeulach, dùrachdach, agus deas-chainnteach, araon ann an Gàilig agus ann am Beurla. Bha Mr. Ros pòsda air boirionnaeh uasal, ghrinn, a chaochail an uair a bha e 'na mhinisteir am baile-bhòid, agus dh' fhàg i aon duine cloinne, a nis an t-Urr. Iain Ros M. A., a bha air tùs na mhinisteir na h-Eaglais Shaoir Aonaichte an Alford an Abereadhain, ach a tha 'nis 'na theachdaire fiùghail anns an Eaglais Chléirich an Sasunn. 'S e ar guidhe gu bi buaidh le ar caraid ionmhuinn, an t-Urr. Uilleam Ros, anns gach gnìomh ris an cuir e a làmh.—An Fhianuis.

SGEULACHDAN ARABIANACH.

ALADIN.

CAIB. XXII.

BHA brathair aig an draoidh, a b' oige na e fhein, agus mur b' e a b' fhearr gu draoidheachd a dheanamh, agus lamh a chur anns gach droch ghnìomh eile, cha b' e dad bu mhiosa. O nach robh iad a' fuireach comhladh anns an aon bhaile, no eadhoin faisge air a cheile anns an aon duthaich, bhiodh iad a h-uile bliadhna 'faotainn fios mu dheidhinn a cheile le cumhachd fiosachd agus draoidheachd.

Mu 'n am anns an do chuireadh an draoidh gu bas, bha bhrathair a b' oige faisge air bliadhna gun fhios fhaotainn c'aite an robh e, no

ciod an suidheachadh anns an robh e. Agus le cuideachadh nan innealan draoidheachd fhuair e mach gu 'n robh a bhrathair air a chur gu bas le puinnsean ann a' Shina, agus nach robh anns an fhear a chuir gu bas e ach duine 'thainig o dhaoine bochda, ged a bha e posda ri nighean an righ.

An uair a fhuair e fios air mar a thachair dh' a bhrathair, an aite bhith 'g a chaoidh, rud a bha fhios aige nach deanadh feum sam bith dha, thog e air, agus dh' fhalbh e gun dail gus a dhol gu

[TD 21]

[Vol. 12. No. 3. p. 5]

ruige Shina; agus an deigh dha moran uidil is allabain fhulang, rainig e mu dheireadh ceanna-bhaile na rioghachd.

Air an ath latha chuir e seachad greis dhe 'n uine coiseachd air feadh a' bhaile, cha b' ann a chum gu 'm faiceadh e na seallaidhean ro mhaiseach a bha ri 'm faicinn, ach gus a dhroch innleachdan a chur air aghart. Chaidh e do na h-aiteachan anns am biodh moran de shluagh a' bhaile 'cruinneachadh a chum a bhith 'cluinntinn agus ag innseadh naigheachdan, agus a' cur seachad na h-uine anns gach doigh bu taitniche na cheile.

An uair a bha e mar so a' cur seachad na h-uine, agus a chluas ri claisneachd feuch cioid a chluinneadh e, chual' e cuid a' bruidhinn mu bhoirionnach araidh do 'm b' ainm Fatima, a bha anabarrach ainmeil air son cho crabhach agus cho caranach 's a bha i. Bha i 'fuireach ann an cuil bhig leatha fhein, agus bha i 'deanamh mhiorbhuilean.

Bha e 'smaoineachadh gu 'm biodh am boirionnach so feumail dha anns an obair a bha e 'cur roimhe dheanamh, agus thug e fear dhe na bh' anns a' chuideachd leis a leith-taobh, agus dh' fheoraich e dheth mu dheidhinn Fatima, agus cioid an seorsa mhiorbhuilean a bha i 'cur an gnìomh.

Ghabh an duine so iognadh, agus thuirt e ris: "Nach cual' thu riamh iomradh oirre? Tha meas anabarrach mor aig sluagh a' bhaile gu leir oirre, air son mar a tha i 'trasgadh, agus 'ga cumail fhein fo smachd, agus a' caitheamh a beatha ann an doigh a bha maiseach. Cha rachadh i mach air dorus fad na seachdain ach air Di-luain agus Di-haoine. Agus air na laithean so, tha i 'tighinn do 'n bhaile, agus a' deanamh moran math. Leighiseadh i a h-uile duine aig am biodh ceann goirt an uair a leagadh i a lamh air a cheann."

Cha robh an corr fiosrachaidh a dhith air an draoidh, ach gu 'n d' iarr e beagan fiosrachaidh mu dheidhinn an aite anns an robh Fatima a' fuireach.

A' cheud latha 'bha Fatima am muigh, lean an draoidh i ceum air cheum gus an do thill i do 'n chuil bhig anns an robh i 'fuireach.

An uair a ghabh e beachd gu curamach air an aite anns an robh i 'fuireach, thill e do 'n taigh-osda, agus dh' fhan e ann gus an robh e dluth air a' mheadhain oidhche. An sin dh' fhalbh e dìreach a dh' ionnsuidh an aite anns an robh Fatima a' fuireach. Bha e furasda gu leor dha an dorus fhosgladh gun fhuaim sam bith a dheanamh. Dhuin e an dorus, agus chunnaic e Fatima le solus na gealaich 's i 'na cadal air sofa, agus pios de sheana bhrat thairis oirre. An uair a dhuisc e i, chuir e 'bhiodag ris an uchd aice.

An uair dh' fhosgail Fatima a suilean, ghabh i uamhas an uair a chunnaic i duine 'na sheasamh air a beulaobh, agus a' bhiodag aige ri 'h-uchd deas gus a marbhadh. Thuirt e rithe: "Ma ghlaodhas tu, no ma ni thu am fuaim a's lugha, marbhaidh mi thu; ach eirich agus dean mar a tha mise 'g iarraidh ort."

Bha Fatima 'na cadal agus a h-aodach uimpe, agus dh' eirich i far an t-sofa, agus i air chrith leis an eagal.

"Na biodh eagal cho mor ort," ars' an draoidh. "Cha 'n 'eil a dhith orm ach an t-aodach a th' umad; thoir dhomh e anns a' mhionaid, agus gheibh thu fhein m' aodach-sa."

Dh' iomlaidich e fhein is Fatima an cuid aodaich. An sin thuirt e rithe: "Cuir dath air m' aodann air dhoigh 's gu 'm bi m' aodann coltach ri d' aodann fhein." Ach an uair a thug e an aire gu 'n robh an creutair truagh air chrith leis an eagal, gus a misneachadh, thuirt e rithe; "Tha mi 'g radh riut a rithist nach ruig thu leas eagal sam bith a bhith ort. Tha mi 'mionnachadh air ainm Dhe nach toir mi air falbh do bheatha."

Las Fatima an cruisgean, agus an uair a thug i air suidhe, chuir i dath air 'aodann, air doigh 's gu 'n robh 'aodann coltach gu leor ri 'h-aodann fhein. 'Na dheigh sid chuir i a ceann-aodach fhein m' a cheann, agus chuir i srol air 'aghaidh a chum nach fhaicteadh 'aghaidh an uair a bhiodh e coiseachd troimh na sraidean. Chuir i mar an ceudna paidirean mor m' a amhaich a bha ruighinn sìos gu beul na duilleig aige, agus thug i dha am bata a bhiodh aice 'na laimh fhein an uair a bhiodh i 'coiseachd air feadh a' bhaile. Thug i sgathan g' a ionnsuidh a chum gu 'm faiceadh e e-fhein, agus chunnaic e gu 'n robh e cho coltach rithe 's a b' urrainn a bhith.

Ged a fhuair an draoidh e fhein air a chur as aithne cho math 's a ghabhadh deanamh, cha do chum e ris na mionnan a thug e. An aite a' bhiodag a chur ann am Fatima, is ann a thachd e i, air eagal gu 'm faicteadh an fhuil. An uair a thachd e i, thilg e a corp ann an seann tobar.

Chuir e seachad na bha roimhe dhe 'n oidhche anns a' chuil bhig anns am bu ghnath le Fatima a bhith cur seachad na h-oidhche.

Air an ath mhadainn, da uair an deigh do 'n ghrein eirigh, ghluais e mach as a' chuil anns an robh e, ged nach b' e sid aon dhe na 'laithean air am biodh Fatima a' falbh troimh 'n bhaile. Bha e cinnteach nach feoraicheadh neach sam bith dheth c'ar son a chaidh e

mach an lath' ud; ach nan cuireadh neach sam bith ceisd air, bha e deas gu freagairt a thoirt seachad.

Bha e air a shocair fhein a' deanamh dìreach air an luchairt aig Aladin. Agus cho luath 's a thug an sluagh an aire dha, agus iad cinnteach gur i Fatima a bh' ann, chruinnich iad timchioll air. Bha cuid ag iarraidh air am beannachadh, bha cuid eile a' pogadh a laimhe, agus bha cuid eile nach robh 'dol na bu daine na gu 'n robh iad a' cur an laimhe air iomall 'aodaich. Bha feadhainn eile aig an robh an cinn goirt, no a bha toileach an cinn a chumail o fhas goirt, a' cromadh an cinn gus e chur a laimhe orra. An uair a chuireadh e 'lamh air an cinn, thoisicheadh e ri brunndail mar gu 'm biodh e 'g urnuigh. A dh' aon fhacal, mheall e cho mor an sluagh 's gu 'n robh iad uile cinnteach gu 'm b' i am boirionnach naomh a bh' ann.

An deigh dha an sluagh lionmhor a chruinnich m' a thimchioll a riarachadh, ghabh e air aghart gus an d' rainig e luchairt Aladin. Bha na chruinnich de shluagh m' a thimchioll air an rathad thun na luchairt cho bras a feuchainn ri tighinn dluth dha 's gu 'n d' eirich stri agus connsachadh laidir 'nam measg. Mu dheireadh thoisich an tuasaid ri fas cho mor 's gu 'n robh nighean an rìgh 'g an cluinntinn ann an talla nan ceithir uinneagan fichead, far an robh i 'na suidhe. An uair a dh' fheoraich i cìod bu chiall do 'n obair a bh' air an t-sluagh, cha b' urrainn neach sam bith innseadh dhi. Mu dheireadh fhuair i mach gur e an aireamh mhor shluaigh a chruinnich timchioll air a' bhoirionnach naomh a chum gu 'n leighiseadh i iad a bha 'glaodhaich, agus a' togail na h-aimhreit.

Chuala nighean an rìgh fada roimhe sìd iomadh iomradh air a' bhoirionnach naomh, ach cha 'n fhac' i riamh i. Bha fìor thoil aice am boirionnach naomh fhaicinn, agus chuireadh ceathrar dhe na seirbhisich am mach g' a h-iarraidh.

Cho luath 's a chunnaic an sluagh seirbhisich Aladin a' tighinn, sgaoil iad beagan o cheile, agus an uair a thug an draoidh an aire dhaibh, choisich e 'nan coinneamh, agus e gle aoibhneach a chionn gu 'n robh a dhroch-bheirt air thuar a dhol leis gu math.

"A bhoirionnaich naoimh," arsa fear dhe na seirbhisich, "tha toil aig nighean an rìgh d' fhaicinn, agus chuir i sinne g' ad iarraidh."

"Tha nighean an rìgh a' cur tuilleadh 's a' choir a dh' urram orm," ars' esan; "ach tha mi deas gus umhlachd a thoirt d' a h-aithne."

An uair a thuirt e so, lean e na seirbhisich do 'n luchairt.

An uair a thugadh an draoidh a steach far an robh nighean an rìgh, agus e ann an eideadh a' bhoirionnaich naoimh, thoisich e ri urnuigh, ged a bha 'chridhe lan uile agus aingidheachd. Bha 'n urnuigh fada, agus bha e 'guidhe gu 'm faigheadh nighean an rìgh slainte, agus soirbheachadh, agus a h-uile ni math eile a mhiannaicheadh i. Le briathran mealltach, crabhach, a bha coltach ri tighinn o chridhe a bha fìor dhiadhaidh, thug e air nighean an rìgh

a chreidsinn gu 'n robh e anabarrach naomh. Agus mar sin bha meas mor aic' air. O 'n a bha nadar math, glan aice fhein, bha i 'smaointean gu 'n robh daoine' eile anns a' cheart doigh, gu h-àraidh a mhead 's a bha 'g aideachadh gu 'n robh iad a' deanamh seirbhis do Dhia, agus a bha 'g an cumail fhein dealaichte o shluagh eile an t-saoghail.

An uair c chuir an draoidh crìoch air an urnuigh fhada 'bha e 'deanamh, thuirte nighean an rìgh ris: "Tha mi 'toirt taing dhut, a mhathair mhath, air son d' urnuighean; tha earbsa mhor agam anna, agus tha mi 'n dochas gu 'n eisd Dia riutha. Thig an so, agus suidh ri m' thaobh."

Shuidh e gu h-ìomchuidh ri taobh nighean an rìgh. Chaidh i air aghart leis a' chomhradh, agus thuirte i: "Mo mhathair mhath, tha aon ni agam ri iarraidh ort, agus that mi 'n dochas nach diult thu dhomh e; agus is e sin, gu 'm fuirich thu comhladh rium, a chum gu 'n innis thu dhomh an doigh anns am bheil thu 'caitheamh do bheatha, a chum gu 'm foghlum mi uat cia mar a ni mi seirbhis do Dhia."

"A bhana-phrionnsa," ars' esan, "tha mi 'guidhe oirbh nach iarr sibh orm rud nach urrainn mi thoirt dhuibh na 's lugha na ni mi dearmad air dleasdanas na h-urnuigh."

"Na cuireadh sin dragh sam bith ort," arsa nighean an rìgh. "Tha moran de sheomraichean falamh agam, agus faodaidh tu an fheadhainn a's fhearr leat dhiubh a roghnachadh, agus bidh a' cheart uiread de shaorsa agad gus aoradh a dheanamh 's ged a bhiodh tu 'nad sheomar fhein."

(Ri leantuinn.)

IARLA ULADH.

Sgeul Firinneach.

THA còir no sochair, no dlighe aig morair uasal Eirionnach nach 'eil aig aon neach eile san rìoghachd. 'Se sin seasamh le 'chòmhdach-cinn air an làthair an rìgh, 'nuair tha uile fhlaithian na rìogachd 's an cinn rùisgte, tha e air a cheadachadh do cheann tighe teaghlach ard Uladh, seasamh le aid no clogaid air a cheann an làthair na cùirte. Tha os cionn sé ceud bliadhna o'n choisinn teaghlach Ulster an onoir so.

B'e Iain de Courcy, air an àm sin Iarl Uladh-rinn e nì-eiginn a choisinn diomb agus corruich rìgh Shasunn-dh'orduich an rìgh a ghlacadh 's a thoirt 'na phrìosanach do Lunnuinn, ach b' usa so a ràdh na a dheanamh; cha robh eadar dà mhaoil na h-Eirionn duine co làidir, threun mhisneachail ris an Iarla so. Dh' fheuch iad uair agus uair prìosanach a dheanamh dheth, ach dh'fhairtlich e orra. Mu dheireadh fhuair iad so a dheanamh le foill, nì nach robh 'nan comas le strìgh agus oidheirp fholluiseach. Thug iad duais d'a ghillean féin, agus bhrath iadsan e. Bha e air latha àraid a' deanamh

peanais, a' coiseachd

[TD 22]

[Vol. 12. No. 3. p. 6]

casruisgte, a' dol o dheas gu tuath mu thimchioll eaglais agus cladh Dhùin-Pàdruiġ an Eirinn-thàinig a naimhdean air gun fhios-cha robh a chlaidheamh no a chuid armachd aige, nam bitheadh cha bu toil leo tighinn 'na dhàil-thog e maide bha sa' chladh, agus le so chum e a naimhdean car tamuill air an ais, ach b'éiginn da strìocadh mu dheireadh an déigh dha trì-pearsa-deug a mharbhadh dhiùbhsan a thainig 'na aghaidh. Thugadh an t-Iarla mar so 'na phrìosanach do Shasunn, agus ghlaiseadh suas e anns an t-seòmar-iaruinn san Tùr, a tha o chionn ghoirid air a losgadh. Mu'n àm so thachair e gu'n robh comhstri eadar rìgh Shasunn agus rìgh na Frainge. An àite dol gu cogadh le'n armailtean, cho' aontaich an dà rìgh a' chùis a bhi air a socruchadh le dithis ghaisgeach, fear air gach taobh, rìgh Shasunn a shònruachadh aona ghaisgich, agus rìgh na Fraing aon eile, agus an dara taobh a chur do'n ghnothuch, le comhstri an dà laoich so an làthair an fheachd mhóir a bha ri bhi cruinn-nam faigheadh an Sasunnach a' chuid a b' fhearr do'n Fhrangach, bha 'chùis le rìgh Shasunn, ach nam buadhaicheadh an gaisgeach Frangach, bhiodh a' chùis le rìgh na Frainge.

Dh' fheuch an dà rìgh an duine bu chalma 's a b' fhoghaintiche 'nan rìoghachdan fhaotainn. Chuala rìgh Shasunn nach robh curaidh co tréun, no aon a b' urrainnear a choimeas ri Iarl Uladh a bha 'na phrìosanach san Tùr; chuir e aon do mhaithean na cùirte d'a ionnsuidh uair agus uair, a dh' fheuchainn an rachadh e leis do'n Fhraing a chur a' chath an aghaidh gaisgich rìgh na Frainge-ach 'se fios-freagairt a fhuair e "Cha téid, cha dóirt mi braon do m' fhuil as a leith, cha do thoill e uam e, cha chuir mi mo bheatha féin an cunnart air son rìgh co neo-airidh." Ach mu dheireadh chuir an rìgh fios g'a ionnsuidh a ràdh ged nach deanadh e so air a shon-sa, math dh' fheudta air son onoir na rìoghachd gu'n rachadh e 'mach, 's nach leigeadh e leis an Fhrangach a bhi 'bòsd nach robh neach an Sasunn na 'n Eirinn a sheasadh ris. "Abair ris," arsa De Courcy, "ged nach rachainn fad mo lùdaig air a shon-san, gidheadh airson onoir mo dhùthcha gu'n rachainn gu bàs-tuigidh am Frangach leibideach nach 'eil Eirinn gun ghaisgich." Chuireadh fios do dh-Eirinn air a chlaidheamh féin, agus air 'airm chatha. Thàinig an latha, bha sluagh anabharrach cruinn, rìghrean Shasunn, Albann agus na Frainge, agus armailtean lìonmhor. Thainig an gaisgeach Frangach air aghaidh a' marcachd air steud-each eireachdail agus chuir e gu dùlan aon duine b' urrainn rìgh Shasunn a thoirt 'na aghaidh; ach 'nuair thainig Iarl Uladh air aghart agus a chunnaic am Frangach a choltas, co làidir, chalma, lùghor 's a bha e, thainig oillt air, chriothnaich e, smuaintich e gum b' fhearr teicheadh math na droch fhuireach-chuir e 'n spuir an cliathach an eich, agus thug e rìoghachd na Spàind air, as nach do phill e tuillidh.

(Air a leantuinn air taobh 23.)

BARDACHD NA FEINNE.

BRATAICHEAN NA FEINNE.

ROIMH-RADH.

AIG Druim-dalg, no Druim-dealachaidh, an braighe Earra-ghaidheal, ainm a tha freagarrach do'n àite, do bhrìgh gu'm bheil an sin dà mhathair-uisge, aon diubh a' dol calg-dhìreadh 'san àird-an-iar do 'n fhairge aig sruth Laoire, (ris an abair iad a nis, a' Chona-thuil); agus an t-uisge eile a' dol 'san àird-an-ear do 'n fhairge, eadar Peairt agus Dundeaich. 'San àite so thug Fionn fleagh do chinn-feadhna na Feinne, agus do mhòran d'a uaislibh; ach bha dithis de 'ghaisgich, Raoine agus Aillde, do nach d' thug e cuireadh. Air dhaibhsan fios fhaotainn gu 'n d' fhuair maithean na Feinne cuirm, ghabh iad e 'na tharcuis, agus thug iad bòid gu 'm fàgadh iad teaghlach Fhinn, agus gu 'n cogadh iad le Rìgh Lochlann, 'na aghaidh, gus an deanadh iad dioghaltas air Fionn agus air a mhuinntir an lorg an eas-urram a fhuair iad. Chuir an dà laoch leoghanta, àrd-inntinneach so an lùirichean 's an airm ghaisge ann an luing, no curach, sheòl iad do Lochlann, chaidh iad air an aghaidh gu cathair na Beirbhe, agus dh' innis iad ciod a bha 'nan rùn.

Thug Rìgh Lochlann di-bheatha dhaibh le greadhnachas agus mòr-shubhachas; dheasaich e cuirm dhaibh, agus rinn iad fastadh bliadhna ris. Bha Aillde 'na laoch maiseach, agus deas-chainnteach; mar leoghann curanta an àm feirge, agus mar mhaighdinn stuaimhe, bhinn-ghuthach an àm sìthe. Ghabh Banrìgh Lochlainn gaol air; roghnaich i an Gaidheal treun so air thoiseach air Earragan agus uile shaoibhreas, a thalla, agus a rioghachd. Ghluais i le Aillde agus le Raoine o leabaidh an rìgh, agus thainig iad air an ais do Alba, agus fhuair iad càirdeas o Fhionn.

Chruinnich Earragan uile chinn-feadhna a rioghachd, agus armailtean gu léir, agus thainig e le feachd lionmhor gu cogadh ri Fionn 's ri 'chuideachd. Cleachdadh suairce a bh' aig Fionn do ghnath, thairg e duais, no cumha, do rìgh Lochlann agus tilleadh an sìth. Dhiult Earragan duais sam bith a ghabhail, mur rachadh Fionn agus 'uile chinn-fheadhna f'a bhreith, agus a' chreach a thoirt gu tràigh, agus an ceann a thoirt deth Aillde is deth Raoine, agus mòran de mhaithibh na Feinne a chur gu bàs a thuilleadh air an dithis so.

B' fhearr le Fionn 's le 'chuideachd cath garg a thoirt do na Lochlannaich na cinn an cuid Gaisgeach a thoirt seachad le saidealtas. Chaidh Fionn 's a chinn-feadhna, agus armailtean am mach le 'm Brataichibh agus ged a bha an àireamh tearc an coimeas do 'n t-sluagh lionmhor a thainig a Lochlann, thug na Gàidheil threuna buaidh; ach thuit corr is leith nam Fiann an latha sin, agus cha deachaidh duine dhe an naimhdean air an ais a dh' innseadh co thug buaidh 's an àr-fhaich.

Ged gheibheadh Rìgh Lochlann sud,
Na bha de mhaoin 's de sheudan an Alba,
Cha thilleadh e a shluagh air ais
Gus am biodh na Fianntaidh uile fo 'cheannas.

Sgaoil Feraghus a bhratach o chrann,
Mar chomharradh gu 'n dhiult Rìgh Lochlann cumha,
Ghluais an Fhinn ghaolach gu fòil,
Chum liodairt agus leònadh Lochlann.

Thainig sluagh lionmhor bhar nan tonn;
Thainig sud 's bu throm an fheachd.
Suil d' an d' thug Rìgh Lochlann uaith,
Chunnaic e bratach a' teachd am mach,
Agus laoch gasda air a ceann,
'S i air dealradh de dh' òr Albannach.
Co i a' bhratach so, *Fhili dhunaich?
An i sud bratach mhic treun-bhuadhaich?
Chi mi laoch gasda air a ceann,
'S i fein a' togradh thar shluaghaibh.

Cha 'n i sud ach an Liath-lùinneach
Bratach Dhiarmaid o Duimhne:
'N tràth thigeadh an Fheinn uile 'mach,
Gheibheadh an Liath-luinneach toiseach.

Co i a' bhratach so, Fhili dhunaich?
'N i sud bratach mhic treun-bhuadhaich?
Chi mi laoch gasda air a ceann,
'S i fein a' togradh thar shluaghaibh.

Cha 'n i sud ach an Aon-chasach ruadh,
Bratach Raoine nam mòr-shluagh
Bratach leis an sgoiltar cinn
'S an dòirtar fuil gu 'n aobrannaibh.

Co i a' bhratach so, Fhili dhunaich?
'N i sud bratach mhic treun-bhuadhaich?
Chi mi laoch gasda air a ceann,
'S i fein a' togradh thar shluaghaibh.

Cha 'n i sud ach a Bhreachaill-bhròchail,
Bratach Ghuill mhòir mhic Mòrna,
Nach d' thug tarruing riamh air a h-ais,
Gus 'n do chrith an talamh trom, glas;
'S e bu shuaineas di 'n sròl buidhe,
Toiseach tighinn is deireadh falbha.

Co i a' bhratach so, Fhili dhunaich?
'N i sud bratach mhic treun-bhuadhaich?
Chi mi laoch gasda air a ceann,
'S i fein a' togradh thar shluaghaibh.

Cha 'n i sud ach an Dubh-nimhe,

Bratach Chaoilte mhic Re-tha:
Air a mheud 's do 'm biodh 's a' chath,
Cha bhiodh iomradh ach air an Dubh-nimhe.

Co i a' bhratach so, Fhili dhunaich?
'N i sud bratach mhic treun-bhuadhaich?
Chi mi laoch gasda air a ceann
'S i fein a' tagradh thar shluaghaibh.

Cha 'n i sud ach an Sguab-ghàbhaidh,
Bratach Oskair, chrodha, làidir:
'Nuair a ruisgte cath nan cliar,
Cha b' fhiu fheòraich ach 'n Sguab-ghàbhaidh.

Thog sinn Deo-ghreine ri crann,
Bratach Fhinn bu gharg 's a' ghreis,
Luma-làn de chlachaibh 's de 'n òr
'S ann leinne gu 'm bu mhòr a meas.

'S duilich dhutsa na bheil ann,
Deo-ghreine mhic Cumhail ri crann,
Is naoi slabhraidh ghasda sios,
De 'n òr bhuidhe a's mòr prìs,
Is naoi naoi lan-ghaisgeach
Fo cheann a h-uile slabhraidh.

Cromaibh bhur cinn 's a' chath,
Is deanadh gach flath mar a gheall;
Is dearbhaibh do Lochlann 's an uair so,
Gu 'm bheil treun-laoich chruaidh am Mor-bheinn.

Bu lionmhor ceann 'ga mhaoladh,
Agus guailinn 'g an snaigheadh,
O éirigh greine gu feasgar;
'S cha deach o fhaobhar lann gu luingeas
Ach aon mhìle de shluagh barraicht':
Theich iad mar shruth o mhullach beinne,
Is shine 's a' chath 'g an iomain.

Bu lionmhor Fianntaidh agus sonn,
Agus curaidh trom toirt:
Ach samhail do Oscar mo mhac-sa
Cha robh aca thall no bhos.
Seachd cathan de mhoran sluaigh,
Thuit sud le Oscar nam buadh,
'S an naoinear mac bh' aig Manus ruadh,
Seachd fichead agus mìle sonn.

Thuit urrad eile le Caoilte 's le Goll;
Ach mac Cumhail 's a shluagh trom,
Mar chaoiribh teine 's am bi fearg,
'Nan sradagaibh diana casa
O bhuillibh gach laoich anns a' chath,
Le Fianntaibh Phail a bha gu h-ait

Ag éisdeachd ri 'n sgreadail a' teicheadh
Mar bheithir a' teachd o theine.

Sin dhutsa 'bhuaidh a fhuair mo righ,
'S bha Oisian 's a' ghníomh bu ghabhaidh:
'S ged tha mi 'n diugh gu h-aosda liath
Bu mhòr a leag mi anns an àr-fhaich.

Ach ged a fhuair sinn an làn-bhuaidh,
Bu mhisde sinn riamh an là ud:
Chaill sinn corr is leith na Fianntaidh
An aobhar Raoine agus Aillde.

* Tha e feumail a thoirt fa near gu 'm b' e am Fili duanach, gille
bha aig Fionn car seal; ach bha e 'san àm so aig Rìgh Lochlann; agus
bha e eòlach air brataichean 's air cuideachdan na Feinne.

[TD 23]

[Vol. 12. No. 3. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic
AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR
Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn
taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>
FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C, &C.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA.<gai>
CORPAICHTHE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:
<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.
<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air
adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
ann anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh
3%'sa bhliadhna.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

[Dealbh]
A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE
dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla

Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "policies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.

M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

Iarla Uladh.

(Air a leantuinn o thaobh 22.)

Le so choisinn rìgh Shasunn an latha; ach air a bhi do na rìghrean agus do'n t-sluagh mhór a bha cruinn iomradh 'chluinntinn air tréuntas agus neart Iarl Uladh, bu mhiann leo e thoirt doibh dearbhaidh air. Chuir iad clogaid stàilinn do'n t-seòrsa bu làidire air ealaig mhóir dharaich, agus, le aon bhuille d'a chaidheamh, sgoilt e 'na dà leth i, agus chuir e an claidheamh co domhain sìos san ealaig 's nach robh duine a làthair a b'urrainn a thoirt air ais! Tha a' cheart chladheamh leis an d'rinneadh so, lùireach agus airm an duine chumhachdaich so r'am faicinn ann a Tùr Lunnuinn, mur do loisgeadh iad san teine mhór leis na mhilleadh an aitreadh aosmhor so bho chionn ghoirid.

Fhuair e 'oighreochd agus 'fhearann air an ais; agus thuirt an Rìgh ris—"iarr ni's àill leat, agus bheir mise dhuit e." Fhreagair De Courcy—"Or, no airgiod, no fearann, cha'n eil a dhìth orm. Rinneadh tàmailt agus mi-onoir orm; 's ann a bha 'dhìth orm urram ùr, an àite 'n dìmeas a rinneadh orm. 'Se m' iarrtas cead fhaotainn seasamh an làthair an Rìgh, mi féin agus ceann mo theaghlach á so suas, le m' cheann-bheairt air mo cheann, 'nuair a bhios cinn nan cùirteirean eile rùisgte." Fhuair e so, agus tha an t-urram so mar dhlighe aig a theaghlach gus an latha diugh. 'Nuair a chrùnadh Rìgh Uilleam, agus mar an ceudna a' Bhanrigh òirdhearc Bhictoria, thainig Morair Cheann-sàile <eng>(Lord Kinsale),<gai> agus sheas e an làthair na cùirte le 'chomhdach-cinn air, 'nuair a bha uile mhaithean na rìoghachd gun ad, gun bhoineid, gun chlogaid. 'Se Morair Cheannsàile ceann an teaghlach urramaich so air an àm.—Caraid nan Gaidheal.

Craobhan Iongantach an t-Saoghail

'S IOMAD craobh neònach a tha fàs air aghaidh an t-saoghail. Tha cuid diubh da rìreadh co neònach 's gu bheil e doirbh an eachdraidh tha luchd-turuais a' toirt duinn orra a chreidsinn, mar biodh fios againn gur daoine teisteil firinneach iad, as am feudar earbsa chàramh. 'S ann de chraobhan neònach an t-saoghail

CRAOBH A MHEAS-ARAIN.

Tha i so a nis mar na craobhan ubhaill a tha san dùthaich so. Tha am meas-arain cruinn, mu mheudachd cinn leinibh bhig-tha rùsg tana air mar tha air ubhall, agus fo'n rùsg sin tha a chuid a dh'fheudar ithe. Tha e co geal ri aran sam bith, agus an déigh a ghearradh sìos, agus a dheasachadh fa chomhair an teine, no ri teas na gréine, tha e anabarrach blasda, agus fallain ri ithe. Tha e air bhlas arain chruineachd, eadar sin agus buntata. Tha sgrath fo chairt na craoibhe so as a' bheill muinntir nan Eileana mu dheas a'snìomh seorsa de dh'aodach garbh làidir, agus buill a tha rìghinn feumail; air chor 's gu bheil a chraobh so anabarrach luachmhor 'sna dùthaichibh sin.

A CHRAOBH BHAINNE.

'S ann de na craobhan neònach i so. Tha i cinntinn ri uchd nan creag ann an dùthaichibh teith, loisgeach. Tha coslas seargta laiste oirre ach an uair a nitear toll innte thig seorsa de bhainne buidhe, milis, fallain aisde, gu h-àraidh ma thollar i 'n àm éirigh na gréine. Chìtear muinntir na dùthcha anns a' bheil na craobhan so, a' falbh le cuachan, mar gu'm biodh iad a' dol do'n bhuailidh a thoirt dhachaidh a bhainne so do'n teaghlach. Tha a' chraobh so anabarrach prìseil anns na cearnaibh loisgeach sin.

A CHRAOBH PHAILM.

So a chraobh is feumaile, agus is prìseile anns na cearnaibh sin de gach craoibh a tha fàs as an talamh. 'S ann an rioghachdaibh na h-aird-an-Ear a tha chraobh so a' fàs gu meudachd mhòir. Ann an Arabia tha chraobh so ag éigidh gu àirde ceud troidh. Tha stoc na craoibhe gu réidh dìreach gun mheur, gu dlù air a bàrr. Tha a bàrr le duilleach dlù air chumadh sgàileagain, no <eng>umbrella.<gai> Tha gach duilleag ochd no deich troidhean air fad. Tha bagaidean mòra chnò a' fàs air a bàrr. Tha gach earrann de'n chraoibh so feumail: tha'n stoc laidir, agus freagarrach air son gach feum. Cha'n 'eil fiodh ann is fearr na e, no mhaireas co fada ris; de gach connadh 'se is fearr, oir cha'n 'eil fiodh ann a loisgeas co dian ris. Tha smear anns na craobhan òga Pailm a tha na lòn fallain blasda-tha'n duilleach òg fallain ri ithe-agus tha 'n seann duilleach feumail gu seorsa aodaich no de bhrait ùrlar no leapach a dheanamh. A stoc na craoibhe tha seorsa de bhainne a' tighinn a tha taitneach ri òl, agus as an stuth so tha fion blasd' air a dheanamh.

Tha'm meas air itheadh am feadh 's a ta e òg agus maoth, agus an uair a dh'fhàsas e cruaidh nitear min deth a tha fallain agus feumail.

Seasaidh a chraobh so feadh linntean, mar éirich dosgainn di; is ainneamh a a chithear i a' failneachadh air àm sam bith. 'Nuair a dh' fhàilnicheas i, tha i air a gearradh dlù do'n bhun, agus air a losgadh sa cheart àite air an do chinn i, agus as sin tha beathachadh a' teachd o bheil meanglan ùr a' fàs a bhios na craoibh mhòir an ùine ghearr.

'NIGHEAN DONN A BHROILLICH BHAIN.

LE UILLEAM MAC-AOIDH.

LUINNEAG.

'Nighean donn a bhroillich bhàin,
Chum a choinneamh rium Di-màirt,
'Nighean donn a bhroillich bhàin
Gum a slàn a chi mi thu.

Tha mo chion air do chùl donn;
'S ged nach leamsa òr no fonn,
B' fhearr bhith còmhlà riut air tom
Na bhith roinn nan dìleaban.

Ged bhiodh maoin agam na 'chruaich,
Bhithinn fhìn as t' aonais truagh,
Bhithinn aonarach 's tu bhuan
Ged bhiodh sluagh na tìre leam.

'S deirge leam do bheul na 'n ròs;
'S mìllse leam na mhil do phòg;
'S fallain t' anail seach an cròch;
'S do phearsa bòidheach fìnealta.

[TD 24]

[Vol. 12. No. 3. p. 8]

'N spéis a thug mi dhuit 's mi òg
Chum mi fad' e bhuit fo chleòc,
Is mar géilleadh m' fhuil is m' fheadil
Ri mo bheò cha 'n ìnsinn e.

Ged a bha mi reamhar, làn,
'S ged a bha mi daonnan slàn,
Rinn do ghaol mo thoirt a bhàn
Gus nach fearr na sìthich mi.

Their mo chàirdean, 's tu tha faoin,
A bhith sàraichte le gaol;
Ach cha tàir mi bhith dheth saor;
Cha ni faoin ri dhiobradh e.

A thé ghrinn a mhuineil bhàin

'S e mo dhùrachd a bhith 'd dhàil;
Saoghal fada dhuit is àgh,
Is fear do ghràidh bhith sìnte riut.

Rugadh Uilleam Mac-Aoidh-Uilleam mac Dhonnachaidh mhic Dhomhnaill-an Gleann-Urchadain 'sa bhliadhna 1803. Phòs e Ciorstaidh Fhriseal an 1827. Chaochail e 'sa Bhlàr Bheag an 1887. Is e a mhac, Uilleam òg, a chuir am mach Eachdraidh Ghlinn-Urchadain, eachdraidh thaitneach, bhlasda, a tha na cliù do 'n fhear a sgrìobh i, agus na cùis-thoileachaidh do gach Gaidheal a leughas i.

GABHAMAID AN RATHAD MOR.

LEIS AN URR. IAIN MAC-LEOID, LL.D.

LUINNEAG.

Gabhamaid an rathad mór,
Gabhamaid an rathad mór,
Gabhamaid an rathad mór,
Olc no mhath le càch e.

Gleus a phiob a's buadh-mhor fuaim,
Dùisg mac-talla as a shuain;
Togaidh iomall tir is cuain
Caithream bhuaidh' nan Gàidheal.

Sgaoilibh bratach àrd nam buadh,
Tàirneamaid na lannan cruaidh;
'Dheoin no dh-aindheoin gheibh sinn buaidh
Mar bu dual do Ghàidhil.

'N éideadh cogaidh ri uchd blàir,
'S tric a thog na laoich a ghàir;
'S bhiodh le 'n lannaibh anns gach àr
Toiseach aig na Gàidhil.

Ged tha tir nam beann fo spréidh,
Is fo chaoraich is fo fhéidh,
Cuiridh sinne 'n cath gu treun;
'Chaidh cha ghéill na Gàidhil.

'S ged a tha ar làrach lom,
Ged tha sinn gun òr, gun fhonn,
Seasaidh sinne bonn ri bonn,
Gual' ri gual' mar Ghàidhil.

Anns gach ànradh thig na 'r linn,
'Bhanruinn àluinn seasaidh sinn;
'S annsa leatha tàmh 'sna glinn,
Tha bàidh aic' ris na Gàidhil.

Eiribh, fheara, 'chlann nan treun,
Tàirneamaid na lannan geur;

Tàirnibh 's dearbhaibh leis gach beum
Gur gaisgich ghleusd na Gàidhil.

Rinneadh an t-oran so goirid an déidh blàr Alma, a chuireadh air
September 20, 1854.

DUANAG A CHIOBAIR.

LE DOMHNALL CAIMBEUL.

Gu bheil mulad air m' ìinntinn
O'n là thainig mi 'n tìr so,
'S nach faic mi mo nìghneag dhonn òg,

O nach faic mi a chaileag
Do an dug mi 'n cion falaich;
'S ann a dh' fhàg mi i 'n Raineach nam bò.

'S ann a dh' fhag mise gruagach
An fhuilt cham-lùbaich, chuachaich,
An taobh thall do Dhruim-Uachdair an fheoir.

Tha deud snaighte mar dhìsnean
Am beul meachair na rìbhinn,
'S gur a mìllse na fìoguis a pòg.

Ciochan corrach, 's iad glé-gheal,
Ann am broilleach a léine,
Mar chaoin aiteal na gréin' ri là ceò.

Slios mar eala nan cuantan,
No mar shneachda nam fuar-bheann,
Calpa cuimir 's troigh uallach am bròig.

Cha 'n fheil samhla do m' luaidh-sa
'Measg na chi mi mu 'n cuairt domh,
Ged is lionmhor an sluagh tha 'san t-Sròin.

Ged a chruinnicheadh an dùthaich
A chum féill Chinn-a-Ghiùbhsaich,
Cha bhiodh té ann dh' an dùraichdinn pòg.

Cha 'n e sud 'rinn mo chiùrradh
O'n là thainig mi 'n dùthaich,
Ach nach faod mi dhol null air do thòir.

Tha 'n t-asdar cho fada,
'S nach faod mi 'dhol dachaidh,
Eagal càch bhith gam fhaicinn 'san ròd.

'S bidh mo mhaighstir gam ionndrainn,
O'n tha 'n stoc air mo chùram;
'S mi ga 'n gleidheadh air cùl Bail'-a-Chrò.

'S mi gach latha mu 'n cuairt daibh
'S iad cho duilich ri 'm buach'lleachd
O'n a thain' iad gu tuath do 'n Chreig-Mhòir.

'S mor gu 'm b' fhearr bhith gan cuallach
'Mach ri mullach na Guaille,
Ear nach iarradh iad buachail' ri 'n sròin.

Far nach biodh orm bonn cùraim
Nuair a chuirinn mo chù riu,
Ged a bhitheadh iad dùinte le ceò.

Ni mi litir a dhùnadh
'N deidh a sgrìobhadh dha t' ionnsuigh,
'S bidh tu cinnteach nach mùth mi mo sheòl.

'S ged a bhithinn seachd bliadhna
Dol mu 'n cuairt anns na crìochan s',
Caileag eile cha 'n iarrainn 's tu beò.

Rugadh Domhnall Cairdeil aig Dail-an-Spideil mu 'n bhliadhna 1798.
Is e Pàl a b' ainm d'a 'athair, agus mar sin is e Domhnall Phàil a
theirteadh ris am bitheantas. Bha e greis mhor na chìobair am
Baideanach. Chaochail e an Cinn-a-Ghiubhsaich, far an robh e a
fuireach, 'sa bhliadhna 1875. Bha a mhac, Domhnall Og, na
'cheannaiche an Cinn-a-Ghiubhsaich.

CAOIBHNEAS DE.

LEIS AN URR. IAIN MAC-LEOID, IAIN MOR NA MORAIRNE.

Tha mo thuras troimh 'n fhàsach an nis gu bhith réidh,
Thàinig feasgar mo làithean is deireadh mo réidh;
Ach aidichidh mi leis gach taingeachd crìdh',
An fhad so, a Dhia, gun do chuidich thu mi.

'S tric a shearg mi fo easlaint 's a ghuil mi fo bhròn,
'S tric a ghluais mi gu deurach, gun éideadh, gun lòn;
Ach dh' earb mi a Dia anns gach deuchainn is dìth,
'S an fhad so, a Thighearna, chuidich thu mi.

'S iomadh caraid 'bu chaomh leam a dhiobair 's a thréig,
'S iomadh dòchas, làn aobhachd, a mheall mi le 'sgeul;
Ach do chairdeas-sa sheas leam 's gach doilgheas is stri,
'S an fhad so, a Thighearna, chuidich thu mi.

Agus seallaidh mi romham, is gabhaidh mi beachd,
Air gach deuchainn is ànradh tha fathast ri teachd;
Ach m' anam fo gheilt no fo imcheist cha bhì,
Oir an Dia nach do dhiobair cha diobair e mi.

<eng>The Canadian Bank of Commerce<gai>
RIS AM BHEIL AIR AONADH
<eng>THE HALIFAX BANKING COMPANY.<gai>

Earras Paidhte \$8,700,000
Airgiod Taimh 2,500,000

ARD OFIS, TORONTO.

AN T-ONORACH DEORSA A. COX,
Ceann-Suidhe.

<eng>B. E. WALKER,<gai>
Ard Mhanager.

Ofis an LUNNAINN (Sasunn) aig 60 <eng>Lombard St., E. C.
S. CAMERON ALEXANDER, Manager<gai>

Ofis an NEW YORK aig 16 <eng>Exchange Place,
WM. GRAY agus H. B. WALKER, Agents.<gai>

Tha ceud is ceithir meur dhe'n Bhanca so air feadh Chanada is nan
Staidean Aonaichte, am measg am bheil an àireamh a leanas anns na
Roinnean Iochdrach.

<eng>HALIFAX, H. N. Wallace, Manager.
Amherst Antigonish Barrington
Bridgewater Canning Lockeport
Lunenburg Middleton New Glasgow
Parrsboro Sackville St. John
Shelburne Springhill Sydney
Truro Windsor<gai>

Gach seorsa gnothuch banca.
Ceannaichear is reicear airgid is notaichean Breatunnach.
Gheibhear Litrichean Creideas de 'm faodar feum a dheanamh ann an
cearna sam bith dhe 'n t-saoghal.

BANCA CAOMHNAIDH.

Tha Banca Caomhnaidh a nise fosgailt aig gach meur dhe 'n bhanca.
Gabhar suim sam bith air riadh, eadhon suim cho beag ri aon dolar.

Meur ann an Sidni.

<eng>P. C. STEVENSON, Manager.<gai>

ANNS AN STOR UR

LE STOC MOR DE DH

Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula

ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE

air Sraid Shearlot.

<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

[Dealbh]

Bidh fìor chomhfhurtachd agad 'nad dhachaidh nuair a bhios gach airneis us grinneas air a thaghadh le rian agus tuigse. Agus 's e 'n ceud ni is coir aire fhaotainn am brat-ùrlair a theid air na seomraichean. Gheibh thu againne

Brat-ùrlair is Airneis

dhe na seorsachan a's fhearr, agus gach ni eile air an cuir thu feum air son breaghachd do thaighe.

Cuir a dh' iarraidh Leabhraichean anns am bheil gach ni a tha sinn a creic air ainmeachadh. Paighidh sinn faradh do chearna sam bith de Cheap Breatunn.

<eng>Gordon & Keith, A. T. GRANT, Manager.

SYDNEY & LOUISBURG R'Y.<gai>

TIM CHLAR.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh' Iun, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 7.59 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.35 a. m.

A fagail Shidni aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 9.43 a. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 10.35 a. m.

A fagail Louisburg aig 5.30 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 6.21 p. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 7.00 p. m.

A fagail Shidni aig 8.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 9.30 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Didomhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

Mac-Talla.

Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.

Bliadhna, \$1.00

Tri Miosan, .30

Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu

<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 25]

[Vol. 12. No. 4. p. 1]

MAC-TALLA.

“An ni nach cluinn mi an diugh cha ’n aithris mi maireach.”

VOL. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, OGUST 21, 1903. No. 4.

Thatar a’ cur as leth an fhir d’ an dleasan a bhi solair bìdh do bhuill Thigh nan Cumantach gu bheil e ’creic deoch làidir ri muinntir nach eil na’m buill de’n tigh idir. A reir sin cha’n eil e na ’choire sam bith deoch làidir a chreic riuthasan a tha na’m buill de’n tigh. Nach gorach an gnothuch do dhaoine bhi ’g amharc air-son lagh-bacaidh o mhuinntir a tha ’cumail suas tigh-òil dhaibh fein ann an tigh na pàrlamaid. Cha tig an lagh sin am feasda gus am bi sgioba stuama air a chur a stigh na’n àite.

Feadh ’sa bhios daoine a saothreachadh gu dian air-son faighinn air adhart ’san t-saoghal agus ionmhas mor a thasgadh suas, tha iad gle bhualteach air nithean a’s luachmhoire na saibhreas a leigeil uapa. Tha Iain D. Rockefeller na dheagh eisimpleir air sin. Tha am fear sin a’ tairgse muillion dolair a phàidheadh do neach sam bith a bheir dha stamag ùr, no a chuireas an t-seann té ’san t-suidheachadh ’san robh i aon uair. Cha’n eil teagamh nach do chuir an duine so a stamag o fheum le bhi toirt ana-ceartas dhi; anns an réis air-son saibhreis rinn e dearmad air riaghailtean slàinte, agus an diugh nuair tha saibhreas gu thoil aige tha ’n t-slàinte ga ’dhìth, ’s cha toirear air ais i le airgid no òr.

Tha cùisean a’ dol gu h-olc ann am Macedonia. Tha ’n dùthaich so mar tha iomadh dùthaich thruagh eilo fo riaghladh nan Turcach, agus aig an àm so tha iad a’ deanamh ainneart neo-chumanta air an t-sluagh. Tha bailtean iomlan air an sgrios. Tha na Criosduidhean air an cur gu bàs leis na saighdearan Turcach, agus tha na Criosduidhean ullamh gu sin a dhioladh ma gheibh iad an cothrom. Tha an sluagh ag éiridh ann an ceannairc ann an caochladh àiteachan, agus cha’n eil e a réir coltais an comas na Tuirce an cumail o sin a dheanamh. Tha aon fhios a thainig ag radh gu bheil ar-a-mach mor ri bhi ann air an là mu dheireadh dhe’n mhios so. Co-dhiù tha sin fìor no nach eil tha aon ni cinnteach, gu bheil làithean trioblaideach, fuileachdach a feitheamh air a chuid sin de’n Roinn-Eòrpa a bhuineas do’n Tuirce. Cha mhair sìth far nach bi saorsa, agus saorsa cha’n fhaighear fo riaghladh nan Turcach.

Tha paipeirean Chanada o chionn àireamh bhliadhnachan air ais a’ gearain nach robh na’n comas naidheachdan na Roinn-Eòrpa fhaotainn ach troimh na Stàidean. Gus an latha ’n diugh cha’n eil ach gann

fios-dealain a ruigheachd phaipeirean Chanada nach eil an toiseach air am faotainn an <eng>New York,<gai> far am bheil iad, mar is trice, air an deagh chothlamadh mu'n leigear leotha tighinn do Chanada. Tha an Ard-Phàrlamaid a' cur mu dheidhinn sin a leasachadh. Thatar a tairgse mar chuideachadh do chuideachd a ghabhas as laimh fiosan fhaotainn dìreach á Breatunn, cóig mìle deug dolair 'sa bhliadhna fad trì bliadhna, deich mìle an ceathramh bliadhna, agus cóig mìle an cóigeamh bliadhna. An deigh na cóigeamh bliadhna thatar an dùil gu'n teid aig cuideachd air cumail air adhart gun an còrr airgid fhaotainn o'n riaghladh. Bhiodh e na shochair mhor do mhuinntir na dùthcha so naidheachdan na seann dùthcha fhaighinn saor o'n bhlas a bhithear a' cur orra anns na Stàidean.

Tha turus an Rìgh 's na Bànrìgh an deigh atharrachadh mor a thoirt mu'n cuairt ann an cùisean na h-Eirinn. Air tàille an turuis sin tha an diugh faireachduinean na's blàithe aig na h-Eirionnaich do na Sasunnaich na bh' aca riamh roimhe, agus tha barrachd càirdeis 's a b' àbhaist air a nochdadh eadar buidhnean na h-Eirinn féin. Tha na paipeirean dùthchasach, aig nach robh riamh dùil gu'm b'urrainn ni math teachd a mach á Sasunn, a' moladh an Rìgh gu chùl, agus ag ràdh gur h-e 'n aon fhear-stàite a's fhearr a dh'fheuch riamh ri cùisean na h-Eirinn a réiteachadh. Dhiùlt comhairle Bhail-ath-cliaith fàilte chur air an Rìgh mar bhaile, ach thatar ag iomradh a nis na'm b'e 'n dé an diugh gu'n deanadh iad a dhi-beathachadh gu toileach. Bidh e na bheannachd mhor do Bhreatuinn gu h-iomlan ma nithear soirbheachadh agus sìth aiseag do 'n eilein uaine le lagh ùr an fhearainn agus le càirdeas an Rìgh.

Riamh o'n thàinig MAC-TALLA air lom an toiseach, agus tha còrr is aona bliadhna' deug o'n thachair sin, cha'n eil toiseach foghair nach eil litir ga 'r ruigheachd o "Chabar-Féidh," a' cur a dh'iarraidh a' phaiper dha fein 's do chàirdean. Air an turus so tha e cur fios air àireamh na's mò na chuir e dh' iarraidh riamh roimhe—a h-ochd air fhichead—ni a tha nochdadh nach eil a' Ghàilig no MAC-TALLA a' dol air deireadh 'sa chaithir mhóir sin. B' fhearr leinn gu'n cuireadh "Cabar-Féidh" litir a nall na bu trice. Is math is aithne dha Gàilig a sgrìobhadh, agus cha'n eil e ceart dha fein no toilichte le muinntir eile e bhi leigeil le pheann fàs meirgeach.— Cha'n fhaodar dearmad a dheanamh air D. C. Mac-an-t-Saoir ann an Detroit, Michigan, an àm a bhi 'g ainmeachadh deagh chàirdean MHIC-TALLA. Fhuair esan àireamh de luchd-gabhail ùra an uiridh, agus am bliadhna ghabh e an cùram a rithist, 's chuir e ugainn an dolair air-son gach aon diu-ochdnar a bharrachd air féin.

Dh'fhalbh an t-Urr. E. B. Mac Raing á Sidni Di-sathuirne s'a chaidh. Re an da bhliadhna' deug a chaidh seachad bha e na mhinistear ann an Eaglais Chléireach Sràid Falmouth. Shaothraich e an sin le mor thaitneas do na h-uile, agus bha moran a bharrachd air muinntir a choithionail fein duilich gu'm fac' e iomchuidh a cheangal ris an eaglais sin fhuasgladh. Bha e fad seachd bliadhna na chléireach do Chléir Shidni. Tha e dol a chur seachad a gheamhraidh ann an Alba, ach air an t-samhradh s'a tighinn tha dùil aige tilleadh a nall do Chanada.

Bha gille òg Mac Cormaic air fhaotainn ciontach de ghoid phaipeirean air an t-seachduin s'a chaidh, agus thugadh sia seachduinean priosain dha. Thatar ag radh gu bheil 'sa bhanc' aige sia ceud dolair a rinn e a' creic phaipeirean air feadh a bhaile.

Thainig bàs aithghearr air nighinn òig d' am b'ainm Anabel Rothach air an Eilein Mhór, seachduin gus an Di-màirt s'a chaidh. Bhuail casadaich throm i 's i suidhe gu suipeir, agus an ceann tacain thòisich i ri cur a mach fala. Cha robh i beò an déigh sin ach beagan mhionaidean. Bha i ceithir bliadhna fichead a dh'aois, agus na h-ighinn a bha gle mheasail 'sa choimhearsnachd.

Tha obair air tòiseachadh ann am mèinn an Dominion No I. Tha fichead paidhir dhaoine 'g obair innte, agus thatar cur a mach eadar da is tri cheud tunna 'san latha. Roimh dheireadh a mhios ma theid gach ni leotha gu math, bithear a cur a mach mu choig ceud. Cha d' rinn an teine 's an t-uisge uiread calla 's a bhatar an dùil a rinn iad. Tha nise mu cheithir miosan o'n ghabh a mhèinn teine.

Tha fiosan as na h-Innsean ag radh gu bheil gach seòrsa barra gu bhi glé mhath ach ann an corra àite far nach do shil moran uisge. Tha so na 'sgeul mhath do'n dùthaich sin. Rinneadh call mor o chionn beagan bhliadhnachan leis an tiormachd a dh' aobharaich gorta leis an d' fhuair milleinean dhe'n t-sluagh bho chd bàs. Ni an saoghal uile gairdeachas a chionn gu bheil e coltach nach bi gainne sam bith na'm measg air a bhliadhna so.

Tha lighiche anns a' Ghearmailt an deigh àireamh cheistean a chur air àireamh mhor de dhaoine 's de mànathan a tha dlùthachadh ris a cheud bliadhna. A reir nam freagairtean a fhuair e, tha a mhor chuid dhiu de mheudachd chuimsich, tha, no bha, am falt bàn no bàn-ruadh, agus cha'n eil an diugh fiacail an deud aoin dhiu. Ma tha'm fiosrachadh sin ceart, cha dean fear àrd dubh aig am bheil deagh dheud ach droch chuimse air a bhi beò ceud bliadhna. Bidh an réis leothasan a's lugha 's a's bàine.

Tha Pàdrui, rìgh Servia, ged bu toileach e air crùn na dùthcha sin a ghabhail, a nise faighinn a chuid fein de na cunnartan a bha 'cuartachadh an fhir a bh' air a chathair roimhe. Dhuaisnich e murtairean an rìgh Alasdair le dreuchdan àrda thoirt dhaibh anns an arm agus anns a chùirt, agus a nise tha iad a' gabhail a chothroim a tha na dreuchdan sin a toirt dhaibh, agus a reir a choltais cha bhi esan an ùine ghoirid ach a deanamh an ni a thoilicheas iadsan a chur fa chomhair. Mu dean e sin is furasda dhaibh deaname ris mar a rinn iad ris an fhear eile. Cha mhor sonas an fhir a gheibh gu cathair-rioghail tre lòn fala.

Bha stoirm mhillteach ann an Jamaica toiseach na seachduin s'a chaidh. Air a chladach a tuath bha Port Antonio air a leagail cha mhor gu buileach; cha deach fhàgail na sheasamh de'n bhaile ach sia taighean. Bha ceidheachan is togalaichean ceannachd air an cur as a chéile, agus bha coig soithichean-smùide air an tilgeadh air tir. Tha'm bàrr bhanana is mheasan eile air a thur mhilleadh; thatar ag

radh nach bi 'n call uile gu leir na's lugha na fichead millein dolair. Bha àireamh mhor dhaoine air am marbhadh. A reir an fhios mu dheireadh a thainig bha suas ri ceithir fichead marbh agus mu choig ceud air an leònachd.

[TD 26]

[Vol. 12. No. 4. p. 2]

Naidheachdan.

Sguab stoirm ghailbheach thairis air eilein Mhartinique air an naodhamh la dhe'n mhios so. Mhair ì deich uairean, agus bha call mor air a dheanamh leatha. Bha taighean air an leagail na'n ceudan, agus bha soithichean air am bristeadh anns na h-acarsaidean. Cha'n eil e air iomradh gu'n d' rinneadh call beatha sam bith.

Tha comunn dhaoine dubha air a chur air chois ann an Toronto aig am bi mar ghnòthuch cuideachadh le daoine dubha nan Stàidean a deas gu tighinn air imrich do Chanada. Tha iad ag radh gu bheil tuilleadh 's a chòir dhiù anns na Stàidean sin, far am bheil iad a faotainn moran ana-ceartais, agus gu'm b' fhearr dhaibh a bhi 'n Canada far am faigh iad ceartas agus fearann gu'n toil ma ni iad feum dheth.

Toiseach na seachduin s'a chaidh bha cruinneachadh ann an Belfast, an Eilein a' Phrionnsa mar chuimhneachan air tighinn a nall na Polly, a thainig do'n eilein le luchd-imrich a mhuinntir na Gàidhealtachd anns a bhliadhna 1803. Aig àm sgrìobhaidh cha d' fhuair sinn fios sam bith air dol air adhart an latha, ach cha'n eil teagamh againn nach toir Maighstir Sinclair fios d' ar leughadairean uine anns an ath àireamh.

Bha am Pàp ùr, Pius X., air a chrùnadh le mor ghreadhnachas Di-dòmhaich an naodhamh la dhe'n mhios. Bha'n crùnadh air a dheanamh an Ard-eaglais Naoimh Pheadair, agus thatar a' meas gu robh tri fichead is deich mìle sluaigh a làthair. Bha an t-seirbhis fada, agus leis an sgìths a dh' fhuiling e chaidh am Pàp car tiota ann an laigse; ach chaidh e gu grad am feobhas, agus toiseach na seachduin bha e na shlàint' àbhaistich.

Chaidh poit-dhubh a ghlacadh aig <eng>Poplar Hill,<gai> ann an siorrachd Phictou, air an t-seachduin s'a chaidh. Bha am fear aig an robh i air a ghlacadh cuideachd, agus a bharrachd air call na poite, chaill e ceud dolair a chuireadh air mar ùnlagh. Tha an naidheachd so a' toirt gu ar cuimhne gu bheil ùine mhath air dhol seachad o'n chaidh poit-dhubh a ghlacadh ann an Ceap Breatunn. Tha sinn an dòchas gu bheil làithean na poite-duibhe air an eilein so thairis.

Chaidh trein a ruith eadar <eng>New York<gai> is Los Angelos, an California,—o chuan gu cuan,—ann an tri fichead is deich uair is mionaid air fhichead uair is naodh mionaidean deug air fhichead goirid air tri latha. Bha 'n trein air a fastadh le Eanruic E. Lowe, aon de dhaoine saibhir nan Stàidean a bha 'g iarraidh gu leaba-bàis

a nighinn ann an Los Angeles. Chosd an trein da fhichead mìle dolair dha, agus rinn i an t-astar na bu luaithe na rinn trein riamh roimhe. Ach an deigh gach luaths is greasad a rinn e, bha 'm bàs air thoiseach air; chaochail a nighean maduinn Dior-daoine, agus cha d' ràinig esan gu oidhche Di-haoine.

Bha Sgoil Shamhraidh do luchd-teagaisg nan Sgoilean Sàbaid air a cumail anns a' bhaile air an t-seachdain s'a chaidh. Bha'n sgoil air a cumail fad choig latha, agus bha còrr is da cheud ga 'frithealadh. Bha na h-òraidean air an liubhairt leis na h-Ollaidhean R. A. Falconer agus Walter Murray, 's leis na h-Urr. D. Stiles Friseal agus J. W. A. MacNeacail. Bha sgoil dhe'n t-seòrsa cheudna air a cumail ann am bailtean St. John, Halifax is Charlottetown. Bha'n sgoil ann an Sidni cho math ri aon dhiù, mur robh na b' fhearr, agus tha iadsan a bha ga 'frithealadh an dòchas gu'm bithear ga 'cumail an deigh so na h-uile samhradh.

Tha baile beag Inbhirnis (roimhe so <eng>Broad Cove Mines<gai>) air a dheanamh iomraiteach le mi-riaghailt a bh' ann air a' cheud la dhe'n mhios so. Thòisich an aimhreit mu chluich a bha dol air adhart ann an tigh 'san robh grunn de dh' Arabianach ri ceannachd. Chruinnich mu cheud gu leth duine mu'n tigh, agus thòisich iad ri tilgeadh chlach air, a' bristeadh nan uinneag 's a milleadh moran de'n innsridh a bha stigh. Bha ofigich an lagha air an cur gu'n dùbhlán agus dhiùlt luchd na h-aimhreit sgaoileadh gus 'n do thòisich na maoir ri losgadh urchraichean. Tha iadsan a bha air cheann na h-aimhreit ri bhi air an toirt gu ceartas ma ghabhas iad faighinn. Tha e coltach nach robh moran meas aig na mèinneadairean air na h-Arabianach, agus gu'n d' fhàg sin iad na bu ro-ghéire gu dioghaltas a dheanamh orra. Tha na h-Arabianach le'n dòighean ceannachd a' deanamh naimhdean dhaibh fein anns gach cearna de'n dùthaich; ach air a shon sin is còir ceartas a thoirt daibh mar do dhaoine' eile.

LITIR O "CHABAR-FEIDH."

FHIR-DEASACHAIDH CHOIR,—Ged nach tric a tha dol agam air sgrìobhadh chugaibh a nis, cha 'n fhaod mi dearmad a dheanamh air MAC-TALLA a phàigheadh. Anns an litir so gheibh sibh ordugh airson £3, 10s., (se sin \$17) agus bithidh mi 'n ur comain ma leanas sibh air am paiper a chur a dh' ionnsuidh nan daoine-uaisle a tha mi ag ainmeachadh aig deireadh na litreach so.

Tha sibhse a deanamh bhur cuid fein gu foghainteach gu bhi 'cumail suas na Gàidhlig, agus tha mi cinnteach gu 'm bi sibh fein agus bhur leughadairean toilichte 'bhi cluinntinn iomradh an drasd 's a rithist air na h-oidhirpean a thatar a' deanamh anns a' Ghàidhealtachd anns a chàs cheudna.

Tha Mòd a' Chomuinn Ghàidhealaich gu bhi air a chumail an ceann da mhios an Inbhirnis, agus ged a tha mòran a faotainn coire do luchd-riaghlaidh a' Chomuinn airson nach 'eil iad a giùlan air adhart an gnothuichean gu h-iomlan anns a' Ghàidhlig, cha 'n 'eil teagamh sam

bith nach 'eil am Mòd a' deanamh feum mor, agus is i guidhe gach fìor Ghàidheal gu 'm bi gach uile shoibheachas leis.

Tha a' Ghàidhlig a nis air a teagasg anns na sgoilibh moran ni's fhearr na bha i riamh roimhe, agus buinidh mòran de 'n chliù airson so do Chomunn na Gàidhlig an Lunnainn; oir a bharrachd air a bhi toirt duaisean leabhraichean do 'n chlann mar a b' àbhuist dhaibh, tha iad a nis a tairgseadh duaisean airgid do na maighstirean-sgoile. Tha àireamh nan sgoilean a gheibh na duaisean so am bliadhna mu thri fichead. Tha an Comunn a faotainn còmhnaidh anns an deagh obair so bho Ghàidheil an Africa-mu-dheas, an Canada, an New Zealand, agus an iomadh cearn eile. Is mòr a' mhisneach a tha e toirt do na Gàidheil anns a' bhaile so, agus anns a' Ghàidhealtachd, a bhi 'faicinn cho dìleas 's a tha an comh-luchd-dùthcha do 'n Ghàidhlig ged tha iad cho sgaipte air feadh an t-saoghail.

Is mise, bhur caraid dìleas
CABAR-FEIDH.
Lunnainn, 25/7/'03.

I CHALUIM CHILLE.

IS e so ainm eilein a tha 'sealbhachadh àite measail, àluinn am meag eileanan an t-saoghail gu léir. Tha 'n litir I leatha fein a' ciallachadh bho aimsir fad air chùl eilean. Ann an Ileth, agus an ainm eileanan eile anns a' Ghàidhealtachd, tha 'n litir I a làthair agus a ciallachadh eilean. Is e Iona an t-ainm a tha eilean Chalum Chille no Cille 'giùlan anns a' Bheurla. Iona, I shona no an t-eilean sona. Is ann do theaghlach urramach Earraghaidheil a bhuneas an t-eilean ainmeil so. Bha 'n Diuc a tha 'nis a' lionadh ainm 'us àite Diucan Earraghaidheil, 'n a àrd fhear-riaghlaidh ann an Canada am feadh a bha e fathast a' giùlan an ainm Marcus Lathuirne. Tha e pòsda ris a Bhana-Phrionnsa Louise. Bha sinn gle phròiseil ann an Canada gu robh a Bhana-Phrionnsa 's oighre Earraghaidheil a' tuineachadh ann ar dùthaich, agus a' deanamh onoir mhoir do 'n àite 's do 'n dreuchd a's urramaiche 'tha againn.

Cha robh ann am Breatunn Diuc eile co foghlumte, co comasach, agus co geur-inntinneach ris an Diuc a chaochail o cheann da bhliadhna. Bha 'chaithe-beatha daonnan geamhuidh, measarra, subhailceach. Sgrìobh e leabhraichean a tha 'dearbhadh gu ciatach cia co fiosrach 's a bha e air cùisean 'us ceistean a latha fein. Bha aobhar sònruichte aig daoine Earraghaidheil a bhi fìor mheasail air an Diuc agus fìor-phròiseil gu robh e co math, co fiosrach, co ealanta, 'us co deas air còmhnaidh a dheanamh leis gach ni 's saothair a bha ceart 'us airidh air cuideachaidh iarruidh agus 'fhaotuinn. Bha 'n Diuc min-eolach air eachdraidh iongantach Iona. Bha e min-eolach air gach eolas a ghabhas a nis 'fhaotuinn mu dheibhinn Chalum Cille 's a Mhanaich agus nan daoine cràbhach a thainig 'n an deigh. Leis an inntinn fharsuing ghlic a bha aig an Diuc nach maireann thug e cuibhrionn mhor de 'n eilean, an eaglais agus na h-ionadan m'a timchioll do Eaglais na h-Alba, agus bhuilich e comas air cinn-suidhe ceithir oil-thighean Albainn an guth a bhi aca ann an

gleidheadh na h-Eaglais ann an uidheam cheart, thearuinte. Rinn na Lochlannaich iomadh coire 's spuinneadh ann an Iona. Loisg iad gle thrìc aitreabh nam Manach agus mhill iad no thug iad air falbh leo gach ni prìseil agus luachmhor a bhuineadh do dhaoine cràbhach an Eilein. Bha 'n Diuc glic geur-fhiosrach gu buineadh sean Eaglais agus làraichean Iona do na h-Albannaich gu léir, agus gu bu choir doibh uile 'bhi muirneach mu 'n eilean a bha 'n a lòchran soluis do 'n dùthaich gu leir ann an làithean Chaluim Cille agus iomadh duine diadhaidh, cràbhach, a bha dìleas do Chrìosda 's do 'n t-soisgeil anns na linntean a chaidh seachad, on thainig am bàs air Calum Cille. Tha dòchas laidir aig gach neach aig am bheil eolas air an naomh so, gu soirbhich gu pailt leis an dream eudmhor a tha 'nis a' deanamh oidhirp laidir airson eaglais agus làraichean Iona 'chur ann an òrdugh ceart agus bòidheach. Is ann an Eirinn a rugadh Calum Cille. Thainig e bho theaghlach rioghail. B' e Niall uaibhreach rìgh mor Eirinn a bu sheanair da. Rugadh Calum anns a' bhliadhna 521; agus anns a' bhliadhna 563 sheol e ann an curach beag gus an eilean air culthaobh Mhuile, 'tha 'nis a giulan an ainm I Chaluim Cille no Iona. Tha 'm focal cill anns a' cheud àite 'ciallachadh àite beag anns am b' àbhaist do dhaoine cràbhach a bhi 'cumail suas an creidimh agus an daimh do Chrìosda, ann an dluths do eaglais air chor-eiginn. Thoisich 'na dheigh so daoine air uaighean a dheanamh mor thimchioll nan Eaglaisean. Ann an uine ghearr fhuair cill brìgh a tha nochdadh a nis agus bho cheann iomadh linn, àite-adhlacaidh. Tha gach Gaidheal eolach air na focail, "Anns a' chill," no anns an uaigh, no marbh. Chitear gle fhurasda ann an Albainn àitean adhlacaidh le làraichean eaglaise 'n am meadhon. Thug Calum Cille meas 'us iomradh 'us naomhachd co mor do I no do Iona air chor 's gu robh iartras dian suidhichte aig rìghrean iomadh dùthaich a bhi air an adhlacadh anns an Eilean so. Tha iad ag innseadh duinn gu bheil ann an àite ris an abrar a nis Iomaire nan rìgh, ochd 'us da fhichead de rìghrean Albainn air an adhlacadh, ceithir de rìghrean Eirinn, ochd de rìghrean Lochluinn, agus aon no dha de rìghrean na Frainge. Is ann le mor thlachd, ma ta, 'bhitheas gach Gaidheal blàth-chridheach a' cluinntinn gu bheil I Chaluim Cille 'faotainn meas 'us curaim nuadh bho Albannaich agus bho gach sluagh aig am bheil eolas beag no mor air Calum agus na daoine naomh a bha anns na h-aoisean liatha ann an Iona. Am bheil fàidhearachd Chaluim a' tighinn gu crìoch?

An I mo chridhe, I mo ghraidh,
An aite guth Manaich bithidh geum bà;
Ach mu 'n tig an saoghal gu crìoch
Bithidh I mar a bha.

CONA.

[TD 27]

[Vol. 12. No. 4. p. 3]

EOBHAIN BAN MAC AN T-SAIGHDEIR.

LE SEUMAS N. MAC FHIONGHAIN.

CAIB. XII.

ANNS AN DORCHADAS—SEALLADH AIR SEANN NAMHAID 'S AIR NAIMHDEAN URAMAR A GHLAC NA SAIGHDEARAN FRANGACH—PRIOSANAICH.

GUN mhoran ùine 'chall, ghreas Eobhain bàn thun a Chaiptean, a fhuair e ga 'fheitheamh. Ma bha beagan iognadh air a thaobh a bhrath mu 'n àm ud a dh' oidhche, cha do leig e dad air, oir 's e umhlachd, gun fheorach cia mar, no ciod, no c'àite, dleasan an t-saighdeir daonnan. Ann am beagan bhriathran dh' innis an Caiptean dha mu 'n ghnòthuch, agus thuirt e ris: "A nis, a sheirdsean, tha fios agam gur duine treun thu; fhuair mi dearbhadh air barrachd is aon uair, a bhàrr air do theisteanas o m' charaid an sgiobair; agus mar sin 's ann ort a smaointich mi an uair a chuir an àrd-chomann-dair an t-urram orm. Tha fios agad fhéin air a chunnart a cheart cho math 's a tha agamsa, gu bheil na Frangaich cho tiugh ris na seangain, eadar so agus ar ceann-uidhe. Mar sin gun do làn thoil fhéin cha 'n iarr mi ort an cunnart a phàirteachadh leam; oir tha e gu mor na 's buailtiche nach fhaic sinn grian eile gu bràth ag éirigh, no bhi 'n ar prìosanaich air a chuid is lugha, na gu 'm faigh sinn sàbhailt' le craicinn shlàn as."

"Le m' làn thoil fhìn agus le m' uile chridhe pàirtichidh mi 'n cunnart leibh," ars' Eobhain; "agus tha mi fada na 'r comain air-son cuimhneachadh orm 's an tairgse thoirt dhomh. Tha 'bheatha gun teagamh milis, 's an cunnart mor, mar thubhairt sibh, ach ma dh' fhaidte gu bheil iomadh beatha, agus 's dòcha dàn rioghachdan an crochadh ris an litir bhig sin."

Thàinig neul muldach air aogas a Chaiptean, agus thug Eobhain an aire gu 'n robh dealbh bheag na 'laimh, 's e 'g amharc oirre le sùilean gaoil a bha fliuch le braon.

"O, mo bhean òg gaoil 's mo phàisde lurach, am faic mi ar n-aogais ghràidh gu bràth?" ars' esan. Agus an sin a' tionndadh ri Eobhain shìn e dha an dealbh agus thubhairt e: "'S e so dealbh mo mhnà òig agus m' aon phàisde. Tha iad a' còmhnuidh ann an Dun-éideann, far an robh dòchas agam iomadh bliadhna shona chur seachad na 'n cuideachd ghràidh. Ach ma thuiteas mi ri d' thaobh air an turus so, bheir thu mo ghaol agus mo bhriathran deireannach ga 'n ionnsuidh, agus am pasgan beag so, a gheibh thu na 'm phòcaid. Cha 'n 'eil fios agam," ars' esan, 's fiamh fann gàire air a ghnùis, "ciod a tha ga m' fhàgail cho trom-inntinneach; ach chunnaic mi aisling iongantach an raoir a tha daonnan a tighinn fa near dhomh. Ach biomaid a falbh. Tha 'n litir am baraille na daga bheag chorra so na m' phòcaid, agus bidh fios agad far am faigh thu i ma dh' éireas dad dhòmhsa."

Ghabh iad gu fàillidh air falbh troimh 'n dorchadas, a fàgail an daoine fhéin cho balbh ri da fhaileas. Bha 'n oidhche dùbhrach, is dealta throm, a bha 'g éiridh na ceò bàn tiugh as gach lagan, mar bhrat sìoda air aghaidh nàdar, gu h-iomlan a falach gach ni air uachdar. Bha 'n Caiptean ceum air thoiseach, oir b' aithne dha gu

math a chuairteachadh, is Eobhain beagan shlat na 'dhéigh. Bha iad a' dol 's a cuairteachadh mar so mu chairteal na h-uarach, an uair a chunnaic Eobhain an Caiptean a seasamh 's an sin a' crùbadh sìos 's a' cur a chluaise ri talamh a dh' éisdeachd. Rinn an Gaidheal mar an ceudna, 's an sin ag amharc chunnaic e da cheann os cionn a cheò, beagan astar air thoiseach orra.

"Na freiceadain iomallach aig na Frangaich," ars' an Caiptean ris ann an cogar. "Tha nis, a sheirdsean, ar gàbhaidhean a tòiseachadh. Ciod e do bheachd, co-dhiu bheir sinn ionnsuidh air feuchainn air ialadh seachad orra fo sgleò a cheò so, no theid sinn o nach 'eil ann ach an dithis 'sa dh' fheuchas sinn ri 'm fàgail balbh gu maduinn far am bheil iad?"

"O'n a bhios againn ri 'dhol seachad air an druim air am bheil iad," ars' Eobhain, "bidh e buailteach gu 'm fairich iad sinn, agus ma dh' fhaidte nach 'eil an càirdean fad' air falbh gus an cuideachadh ma thachras sin. Mar sin 's e 'n glacadh is sàbhailte." Thainig a nis gu soilleir monabhur gu 'n cluasan o'n dithis a bh' air a chnoc, 's a' cur an sùilean os cionn a cheò chunnaic iad le ioghnadh gu 'n robh nis triùir ann an àite na dithis, 's iad a dean sheanachas: agus an creideadh iad an cluasan! a seanachas ann am Beurla! A dian-éisdeachd thuig iad gu 'm bu Fhrangaich dithis dhiubh, agus aon dhiubh sin, aig an robh droch Bheurla, a' bruidhinn ri fear a mhuinntir an dùthcha fhein, agus thàinig na fir thun a cho-dhùnaidh 'sa mhionaid gu 'm bu bhrathadair e da 'righ 's da 'dhùthaich. Gun dàil dh' fhàg e na freiceadain Frangach an déigh "iuchair na h-oidhche" am facal "Murat" fhaighinn uatha, rud a dh' fhàg ar dithis churaidhean gu math aoibhneach, oir fhuair iad fhéin e 'sa cheart àm, is rabhadh aca mar sin air iomadh dorus fhosgladh nach rachadh aca as aonais. Mu 'n do thàrr am fear eile 'dhol á sealladh dh' eirich iad gu neo-sgathach 's rinn iad dìreach air na freiceadain. Am priobadh na sùil bha na h-airm ri 'n guaileann 's air ghleus le 'n ùird air an làn togail, is thainig na briathran garbha Frangach, "Seas air a bhad, 's thoir seachad 'facal na h-oidhche?"

"'Murat!' a dheagh chàirdean," ars' an Caiptean an deagh Fhraingis.

Thuit na h-airm ri 'n cliathaich gu h-ealamh. "Air adhart, a chàirdean! Ach bhiomaid fada na 'r comain na 'm fàgadh sibh cuimhneachan againn an riochd balgam no dha de stuth a's fhearr do 'n stamaig na 'n ceò fuar so, no greim thombaca fhein ma thachair e bhi agaibh."

Chuir an Caiptean a làmh na 'phòcaid agus shìn e botul beag do 'n fhear a labhair anns an robh branndaidh, is ghreas e fhein 's an Gaidheal air adhart, a fàgail nam Frangach gu math subhach leis a bhotul. Bha iad air an còmhdach o làr gu mullach le cleòcannan fada an airm, 's mar sin doirbh a dheanamh a mach co 'n taobh do 'm buineadh iad 'san dorchadas. Choisich iad a nis gu math, oir bha toil aca, na 'm b' urrainn dhaibh, breth air an fhear aig an robh Bheurla, agus an ùine ghearr thainig iad dlùth dha 's e gu fàillidh a deanamh a rathaid thairis air dìg anns an robh uisge. O'n a bha fios aig a Chaiptean nach robh ni ceart fa near do 'n uasal so, rinn

e air-son a ghlacadh 's a rannsachadh, ged a bha fios aige gu 'm b'è ghnòthuch cumail roimhe air a thurus fhéin. Mar sin mu 'n robh e gu math thairis air an dìg bha gairdein iarnaigh a Ghaidheal m'a mheadhain, 's an ath mhionaid bha 'dhruim ri talamh 's a lamh eile m'a bheul, 's an Caiptean gu trang ga 'rannsachadh. Na 'phòcaid achlais fhuair e bocsa snaoisein, 's ga 'fhosgladh fhuair e paipeir air a phasgadh gu cùramach ann, 's air dha fo sgàth 'chleòca solus a lasadh, chunnaic e le uamhas gu 'm b' e gnothaichean fìor dhìomhair a bh' ann, a bhuineadh do 'n arm Bhreatunnach, a chaidh a réir choltais a ghoid air fear de na h-àrd ofigich, agus a b' fhiach iomadh mìle do Bhoni na 'n tuiteadh iad na lamhan. Le mèirean critheach loisg an Caiptean am paipear, 's an deigh a rannsachadh gu math gun an còrr fhaighinn air an duine, thionndaidh iad an aire air a bhrathadair fhein, a bha cagnadh 's a sluigeadh gach facal bu mhiosa na 'chainnt, o nach leigeadh cròg mhor Eobhain bhàin a mach a h-aon diubh. Chrom an Caiptean os a chionn a' caitheamh an t-soluis air aodann troimh aghaidh a chleòca, ach cha 'n fhac' e riamh e. Cha b'è sin do dh' Eobhain bàin; oir a cheud shùil dh' aithnich e 'sheann nàmhaid Caiptean Adam, 's air dha sin a dheanamh theannaich a ghreim iarnaigh gun fhios da air an trusdar, a toirt air a shùilean tionndadh na 'cheann. Cha do leig Eobhain bàin dad air, oir a thaobh an dorchadas bha fios aige nach do dh' aithnich Adam e, 's cha mhò bha e airson a leigeil fhaicinn dha gu 'n do dh' aithnich e e. Cheangail iad gu teann cruaidh e, is dh' fhàg iad aig bruaich na dìg e, is ghabh iad air adhart.

<eng>"Sacre!"<gai> O nach 'eil sinn ro choimhlionta 'san Fhraingis cha sgrìobh sinn ach so dhe 'n rann fheargach a thainig na fhraisaibh mu 'n cluasan, is iad, mu 'n robh fios aca gu ro mhath dé thachair, na 'n sìneadh 'san duslach, ann an làn dhùil gu 'n robh reiseamaid dhe 'n nàmhaid ga 'n cuairteachadh. Bha iad an tiotadh air an cois, 's cha b' urrainn dhaibh gun ghàire dheanamh, air dhaibh saighdear beag Frangach fhaicinn ag osnaich air an làr, 's a mionnachadh gu dìchiollach an aghaidh an dùsgadh ghairbh so, a theab an t-anam a mhùchadh as, oir bha e na 'chadal gu ciùin air an làr fo 'chleòca, an uair a fhuair casan ar curaidhean e, 's a tuiteam air a mhuin dhùisg iad e leis a ghlòir a dh' ainmicheadh. Leum iad air falbh, a fàgail an Fhrangaich bhig a brùndail ris fhein mu fhois na h-oidhche, 's mu iomadh rud eile.

"Co tha sud? Seasaibh air a bhad! Am facal, am facal, mu 'n teid sibh na 's fhaide?"

"Murat!"

Aha! B' e sin an iuchair roimh mheadhain oidhche, ach cha seas 'ur cùinneadh 'sa mhalairt a nis, oir tha leth-uair o'n fhuair na freiceadain a mach gu 'n robh e air atharrachadh air-son reusan àraidh aig a mheadhain oidhche. Thuig ar curaidhean gu 'n robh iad air faighinn seachad air a ghàbhadh so na àm na 'm biodh iad air am brathadair Adam a sheachnadh, ach air a shon sin bha iad taingeil gu 'n do thachair cùisean mar a thachair. Ged a bhiodh am beatha-san le chéile 'dhìth, bu shuarach sin seach na bhiodh 's dòcha 'dhìth na 'm biodh Adam air faighinn thun a cheann-uidhe. Ach bhrìst guth

feargach an ofigich Fhrangaich a stigh air na smaointeanan so.

“Air adhart! air adhart! Co sibh? 's dé th' agaibh ri radh air ar son fhein?” Mu 'n do thàrr iad sealltainn uca no uatha bha iad air an cuairteachadh le cearcall beò de shaighdearan Bhoni.

Ghabh an Caiptean a leisgeul cho fileanta na 'n cainnt ri fear aca fhein, air chor 's gu 'n robh amharus an ofigich Fhrangaich a bàsachadh 's a fàs fann leis gach facal is reusan a bha e toirt dha, an uair a laidh a shùil gheur air a Ghaidheal mhor shàmhach.

“Nach balbh do charaid!” ars' esan. “Ciod tha cearr air?”

“Direach mar a thuig 'ur géiread fhéin: tha 'n duine bochd balbh agus bodhar o'n a rugadh e!”

Aig an àm bha dithis shaighdearan air crùbadh gu fàillidh air chùl ar curaidhean, 's a tarruinn air ais sgàil an lainntear dhorcha bha fear dhiubh a' giùlan, thog iad cleòcannan nam Breutannach, a leigeil ris gu soilleir trusgain cogaidh an dùthcha.

(Ri leantuinn.)

Tha baile <eng>Sydney Mines<gai> a nise saor o'n bhric. Fhuair eadh casg a chur oirre, agus tha iadsan uile bha tinn air a dhol am feobhas. Bha na h-eaglaisean air am fosgladh seachduin roimh 'n t-Sàbaid s'a chaidh, an deigh dhaibh a bhi dùinte ceithir no cóig Sàbaidean.

[TD 28]

[Vol. 12. No. 4. p. 4]

NITHEAN MORA AIR AN TOIRT MU 'N CUAIRT LE NITHEAN BEAGA.

“Agus tharruing fear a bhogha a thaobh tuairmeis.”—I Rìgh xxii. 34.

THA againn anns a' chaibideil so cunntas air cogadh a bha eadar dà rìoghachd—rìoghachd Israeil agus rìoghachd Shiria. Chuireadh an cath gu cruaidh, agus dhòirteadh mòran fola. 'Nuair a chaidh Ahab a mach a dh' ionnsuidh a' bhlàir, chuir e dheth a sgeadachd rìoghail, agus chuir e air aodach cumanta mar shaighdear eile, chum 's nach aithnicheadh a nàmhaidean e, agus nach gabhadh iad cuimse chum a chur gu bàs. Feadh 's a bha 'm blàr a' dol air aghaidh, bha duin' anns an fheachd ris an robh Ahab a' cogadh. Cha'n 'eil fhios cò e, no ciod a b' ainm dha. Bha bogha-saighead aige 'na làimh, agus smuainich e gu'n tilgeadh e an t-saighead an aghaidh arm Israeil. Cha b' aithne dha neach seach neach 'san fheachd. Cha do ghabh e, uime sin, cuimse air fear air bith. Bha'n t-saighead 's am bogha 'na laimh. Chuir e am bogha air an lagh. Nach suarach có dhiùbh a thilgeas e an t-saighead no nach tilg—có dhiùbh a thilgeas e i am meadhon an fheachd, ris an laimh dheas no ris an sgéith chli de dh'

arm Israeil? Cha'n ann mar sin; tha mòran an earbsa ris a so-tha mòran crocht' air an ni so, ciod an rathad a shiùbhlas an t-saighead. Faic! tha e 'togail a bhogha ri 'shùil-tha e 'tarruing na h-éile. Dh' fhalbh an t-saighead-tha i 'siubhal troimh 'n adhar, agus a' gabhail gu dìreach air a h-aghaidh a dh' ionnsuidh carbaid àraidh tha'n sud. Tha arm-dhìon airsan a tha 'sa charbad-tha lùireach stàilinn air. Air a' cheart àm sin dh' fhosgail an lùireach iaruin mu na h-uilt. A stigh air an fhosgladh so ghabh an t-saighead. Chualas leòsan a bha sa' charbad osann throm. Shàthadh an t-saighead gu domhainn ann an cridhe an Rìgh, agus mu fheasgar an latha sin thilg e an deò! Mar so bha Ahab, an rìgh mòr agus uaibhreach, a thog bailtean mòr, a bhuadhaich an iomadh blàr, air a chur gu bàs; agus bha crìoch air a chur air a' chogadh leis an t-saighead fhaoin ud a thilgeadh air tuairmeis. O cia mòr na nithe tha air uairibh ag éiridh o nithe 'tha do réir coslais beag agus faoin! 'Si so an fhìrinn bu mhiann leam a shoillseachadh dhuibh air an àm, agus feuchaidh mi so a dheanamh co so-thuigsinn 's a tha 'nam chomas.

Bha dà shaor-luingeas roimh so ag oibreachadh le chéile 'san aon àit, a' togail soithich. Bha iad a' snaitheadh maide airson fiùrach-tarsuing na luinge-maide suarach nach b' fhiach. Mar bha iad a' snaitheadh a' mhaide so, fhuair iad cnuimh bheag ann, mar leth-òirleach air fad. "Tha'm maide so," arsa fear de na saoir, "mi-fhallain-tha duragan ann. An cuir sinn gu feum e?"—"Ciod eile?" ars' esan a bha maille ris. "Faodar a chur gu feum. Cha'n fhaicear e. Fòghnaidh e math ni's leòir."—"Cha'n 'eil fios agam," ars' an saor eile. "Theagamh gu bheil cnuimhean eile ann; agus faodaidh iad meudachadh, agus dochainn a dheanamh air an luing."—"Is coma có dhiùbh," ars' a chompanach, "cuir gu feum e. Ged nach mòr luach a' mhaide, cha'n àill leam a chall. So, so; cuir 'na àit' e." Chuireadh am maide 'na àite. Chrìochnaichheadh an long, agus chuireadh gu sàil i. Bha'n long àillidh, dreachmhor. Bha i 'na h-uidheam. Thogadh na siùil. Dh' fhàg i an cala, air turus-cuain gu dùthaich chéin; ach fhuaradh a mach nach robh am fiodh fallain-gu'n robh e mosgain-làn do chnuimhean-air a chnàmh-air itheadh: ach smuainich an sgiobair gum feuchadh e a toirt dachaidh. Bha luchd prìseil, cosdail, aig' innte do shioda agus nithe luachmhor. Mar bha iad a' tighinn dachaidh, dh' eirich doinionn mhòr. Chum an long ris car latha no dhà, air a luasgadh gu mòr; ach bha'n ao-dìon a fas ni bu mhò agus ni bu mhò. Bha'n sgioba a latha 's a dh' oidhche 'saothaireachadh aig a' phiob-thaosgaidh; ach bha'n taoim a' meudachadh gus an robh i làn: agus chaidh i fodha an druim a' chuain mhòir, agus chailleadh na bha do bhathar agus do dhaoine innte-chaochail gach mac mathar! O! 's iomad bantrach agus dilleachdan truagh a bha 'na lorg so-'s mòr am mulad, 's am bròn, 's am bristeadh-cridhe bha 'na chois; agus so uile chionn 's gu'n do chuireadh am maide suarach a bha làn do dhurragan innte 'nuair bha iad 'ga togail. Cia mòr an call a thainig an lorg an nì fhaoin so! 'S mòr call a thug an durrag fhaoin so, 's an aon mhaide, mu'n cuairt! Cia meud an t-olc a dh' fhaodas aon duin' a dheanamh le aon droch gnìomh!—gnìomh do réir coltais faoin agus suarach, cosmhuil ris na rinn esan a chuir an aon mhaide nach robh fallain air fiùrach-tarsuing na luinge.

Bha balachan beag a' coimhead an achaidh air latha grianach fogharaidh. Tha e 'faicinn ni beag cruinn air an làr, cosmhuil ri ubh. Tha e 'ga togail, agus 'se th' ann cnò dharaich; agus an deigh dha a giùlan car tamuil, tha e 'ga tilgeadh air falbh, gun sùil tuille na dhéigh. Tha ainmhidh mòr trom air saltairt air a' chnò dharaich, agus 'ga cur a sìos do'n talamh, gun mhothachadh, gun fhios ciod i. Tha i air a folach 'san talamh fad a' gheamhraidh. 'San earrach tha i a' fàs, agus dà dhuilleag bheag ghorm ag éiridh suas aiste. Fad ceud bliadhna tha i a' fàs. Tha àl a' tighinn, a's àl a' falbh. Tha doinionn a's fuachd a' tighinn o àm gu àm, ach tha 'chraobh dharaich a' cinntinn. Tha i ri àm mar chraoibh mhòir: cha'n 'eil a leithid 'sa choille gu léir. Tha i air a gearradh sìos-air a cuir gu feum ann an luing a tha 'seòladh o thìr gu tìr, o dhùthaich gu dùthaich. Faic i gu uaibhreach, 's a' bhratach àrd air bàrr a' chroinn. Tha i a' cuir onoir air an dùthaich do 'm buin i. O so tuig cia mòr an nì a dh' fhaodas tachairt o nithe beaga faoin. Có, air dha cnò dharaich a thogail 'na làimh, a b' urrainn smuaineachadh gu'n robh craobh mhòr dharaich ri fàs aisde, agus gu'n giùlanadh an aon chraobh sin, a chuireadh fodha air tuairmeis, do cnothan na thogadh mìle mìle craobh o linn gu linn. Mar so faodaidh frith agus coille mhòr éiridh o aon chnò dharaich, a chuireadh fodha le ainmhidh gun tuigse air tuairmeis. Tuig, matà, cia mòr na nithe 'dh' fhaodas tachairt o nithe beaga faoin.

Tha 'mhiann orm so a mhìneachadh ni's mò, air dhòigh 's nach di-chuimhnich sibh e; oir faodaidh so mòr fheum a dheanamh dhuibh ri 'ur beatha, ma chuimhnicheas sibh e.

Bha long mhòr, làn do bhathar luachmhor, 'tighinn dachaidh á rioghachd fad as do chala àraid ann am Breatunn. Bha i ann an Innsean na h-airde 'n ear fad dà bhliadhna. Bha dùil a nis aig an sgiobair agus aig na seòladairean gum biodh iad dachaidh ann an latha no dhà, agus gum biodh iad maille ri'n càirdean 's an teaghlaichean. Chuir iad orra an t-aodach bu rìomhaich' a bh' aca. Bha 'ghaoth leo. Bha 'n long a' siubhal troimh 'n fhairge gu luath, 'marcachd an aghaidh nan tonn gu réidh siubhlach. Mar bha iad a' dlùthachadh air a' chala, chuireadh fear de na seòladairean gu bàrr a' chroinn a dh' amharc rompa, a dh' fheuch am faiceadh e an tigh-soluis. Bha'n tigh-soluis so air creig àraidh, astar beag o bheul a' chala d' an robh iad a' triall. Ghlaodh an seòladair o bhàrr a' chroinn, "Tha'n solus calg-dhìreach air thoiseach." Rinn iad uile mòr ghàirdeachas, an dùil gu'n robh iad co dlùth d'an dachaidh.- Feadh 's a bha iadsan air falbh 'sna rìoghachdan thall, bha'n tigh-soluis air atharrachadh; ach cha robh fios aig an sgiobair air a so. Mar so, ghabh iad air an aghaidh 'san t-seann shlighe, gus mu dheireadh gu'n do ghlaodh esan a bh' air bàrr a' chroinn a mach le guth àrd gu'n robh sgeirean rompa, agus na tonnan mòr a' bristeadh gu h-uamhasach thairis orra. Ghlaodh an sgiobair gu h-ard ri fear na stiùireach, "Cuir an stiùir gu taobh clì na luinge!" Ach shaoil fear na stiùireach gu'n d' thubhairt e taobh deas na luinge-tha'n dà fhocal cho coltach ri chéile 'sa Bheurla, <eng>larboard<gai> agus <eng>starboard.<gai> Mar so, chuir e an car cearr de'n stiùir. Ann am priobadh na sùl bhuaile an long air a' chreig, agus bha i na blòidhean briste ann an ùine ghearr. Chailleadh an long-chailleadh

an luchd-chailleadh an sgioba, ach aon dithis a fhuair gu tir air na bòrdaibh briste. Thachair so uile thaobh mearachd aon fhocail. Nam biodh an stiùiradair air an fhocal a thogail gu ceart, cha do thachair an call mòr so. Rinn aon mhearachd fhaoin so uile 'thoirt mu'n cuairt. Nach 'eil sinn a' faicinn o so cia mòr na nithe tha'n earbsa ri nithe faoin agus beag. Mhearachdaich fear na stiùireach aon fhocal, agus ann am priobadh na sùl chaidh an long mhòr na bloidhibh; agus bhàsaich moran, a chaidleas ann an suain a' bhàis gus an dùisgear iad air latha mòr a' bhreitheanais.

Innsidh mi sgeul beag eile, chum so a dheanamh ni's soilleire.—Bha balachan beag ann an America, far a' bheil coilltean anbharrach farsuing-faodaidh sinn a ràdh, coille nach teirig gu bràth. Bha'm balachan so a' cleasachd dlùth do 'n choille so. Bha a mhàthair o'n tigh; agus ged bha fios aige gu'n robh e olc, agus air a thoirmeasg dha a dheanamh, chaidh e stigh air àm fogharaidh a bha tioram, agus thug e mach éibhleag laiste. Smuainich e nach cluinneadh a mhàthair gu'n d' rinn e so, 's nach faigheadh neach air bith a mach an nì a rinn e. Dh' fhadadh e teintean beag dlùth do'n choille; ach ghiùlain a' ghaoth air fhalbh sradaidh theine do'n choille, am measg dhuilleagan tioram caoin. Ghrad las iad a suas. Sgaoil an teine, gus mu dheireadh an robh a' choille mhòr na falaisg uamhasaich. Ghabh an lasair air a h-aghart, a' milleadh 's a' sgrios air gach taobh. Fad làithean na seachduin, loisg a' choille. Chluinnte an fhuaim eagalach astar mòr air falbh. Mu dheireadh ràinig an lasair bothan beag a thog dùine còir diadhaidh dha féin agus dha 'theaghlach. Bha e féin o'n tigh, ach bha e 'tighinn dachaidh. Mhothaich e an lasair 'nuair bha e uidhe fad air falbh, agus ghreas e dhachaidh co luath 's a bha 'na chomas. Ach, mo thruaighe! 'sann an sin a bha'n sealladh oillteil!—a' choille mhòr na gual dubh!—cha robh meangan no duilleach ri faicinn. Bha 'bhothan beag, bòidheach, seasgair, air a losgadh; agus ni bu luachmhoire na so, a bhean dhìleas ghràdhach—a leanabanan lurach àillidh—na bh' aige air aghaidh an t-saoghail mhòr—air a chall gu buileach! 'San àite 'san d' fhàg e iad 'sa mhaduinn gu subhach slàn, cha robh 'san fheasgar ach luathre agus smùid thruagh! Cia mar a thachair an dosgainn eagalach so? Thà do bhrìgh 's gu'n do dhì-chuimhnich am balachan so iarrtas a mhàthar, 's gu'n robh e 'cleasachd ri teine. Tha so 'leigeil ris duinn ni's urrainn sradaidh beag fhaoin theine 'dheanamh.

Cia mòr na nithe a dh' fhaodas tachairt o nithe beaga faoin! Bheir mi dhuibh aon samhladh eile air a' chùis so.

Tha nise dà-cheud-deug bliadhna o na thachair do mhnaoi àraidh, ann an tir chéin, naoidhean beag a bhi aice ri altrum 'na h-uchd. Cha bu bhan-Chriosduidh i. 'Nis, do reir coltais, bu shuarach an nì do 'n t-saoghal có dhiùbh a bhàs—

[TD 29]

[Vol. 12. No. 4. p. 5]

aicheadh an leanabh sin 'na òige, na 'thigeadh e gu aois. Dh'

fhaodadh deich mìle naoidhean de'n t-seòrsa bàsachadh gun an saoghal 'ga chluinntinn; agus is dòcha gu bheil cuid ann a tha smuaineachadh gum bu shuarach có dhiubh a bhiodh an naoidhean so air 'àrach ann an eòlas Chrìosd, no gun eòlas air bith a thoirt dà. Cha d' fhuair e eòlas air an Dia bheò, no Airsan a thainig uaithe a thèarnadh an droing a bha caillte; agus ciod a thachair? Dh' fhàs e suas-chinn e na dhuine. Stéidhich e creidimh ùr e féin. 'Se b' ainm dha Mahommed, agus tha a luchd-leanmhuinn air an ainmeachadh Mahommedans anns gach ceàrn de'n t-saoghal. Theagaisg e do dhaoin' an amaideachd bu bhreugaich' a chreidsinn, agus na nithe bu pheachdaich' a dheanamh. Thug e orra 'chreidsinn gum b' fhàidh e féin, agus gu'n tugadh e sgrios 'us bhreitheanas air gach aon air aghaidh an t-saoghail nach creideadh annsan mar fhàidh an Dé bheò. Bha a luchd-leanmhuinn anbharrach fuilteach, cruaidh-chridheach, borbarra, agus peacach. Chaochail muillionan dhiùbh so 'san àm a dh' fhalbh; tha muillionan dhiubh fhathast air uachdar an t-saoghail; agus 'se 'chuid is uamhasaich' gu bheil Dia mu'n déidhinn so ag ràdh, gum fuadaich e iad gu siorruidh á 'làthair, agus nach faic iad a ghnùis gu dilinn ann an sìth. Leughadh neach air bith an naoidheamh caibideil deug do leabhar Taisbein Eòin an Diadhair, agus chì e a' bhinn tha 'feitheamr orra so.—'Nis, do réir coltais, bha na nithe mòra so crochta air nì a bha, do réir coltais, faoin agus suarach—'se sin, cò dhiubh 'bhiodh an naoidhean air 'àrach ann an eòlas air Crìosd, no air 'fhàgail gu eòlas fhaotuinn mar thigeadh e 'na rathad. Nam biodh e air a thogail mar tha sibhse, anns a' chreidimh fhìrinneach cheart, is dòcha nach biodh e na chealgair 's na pheacach co mòr, agus nach biodh sluagh co anbharrach air am mealladh leis. Mo thruaighe! cia uamhasach an t-olc a rinn e 'na linn 's na latha!—olc agus truaighe tha fhathast a' dol air aghaidh. Cia taingeil bu chòir duibh a bhi, aig a' bheil pàrantan Crìosdail gu faire thairis oirbh, 's gu ùrnuigh a dheanamh air bhur son, agus gus am Bìobull a theagasg dhuibh! Mur bhith so, is doirbh innseadh ciod a dh' fhaodadh tachairt duibh. Dh' fhaodadh sibh a bhi air 'ur call, agus a bhi mar meadhonan air feadhainn eile 'tharruing gu sgrios agus truaigh shìorruidh.

(Air a leantuinn air taobh 31.)

SGEULACHDAN ARABIANACH.

ALADIN.

CAIB. XXIII.

BHA 'n draoidh anabarrach toilichte gu 'n d' fhuair e steach do luchairt Aladin, far am biodh cothrom na b' fhearr aige air a dhroch bheairt a chur an gnìomh, gu h-àraidh o 'n a bha nighean an rìgh cho measail air, agus mar sin, cha do chuir e dad an aghaidh na tairgse mhath a thug i dha. Thuirt e: "A bhana-phrionnsa, ciod sam bith mar a chuireas boirionnach bochd mar a tha mise roimpe gu 'n seachainn i solas agus greadhnachas an t-saoghail so, gidheadh, cha dana leam cur an aghaidh bhur toil agus bhur n-àithne-sa, agus sibh cho iochdar agus cho crabhach."

An uair a chuala nighean an rìgh so, dh' eirich i 'na seasamh, agus thuirt i: "Tiugainn comhladh riumsa, agus seallaidh mi dhut seomraichean a tha falamh, agus faodaidh tu am fear a's fhearr leat dhiubh a roghnachadh."

Lean an draoidh i air feadh nan seomraichean a bha falamh, agus an uair a roghnaich e am fear bu mhiosa innsreadh dhiubh, thuirt e gu 'n robh an seomar tuilleadh is math air a shon, ach gu 'n robh e deonach fuireach ann gus a toileachadh. 'Na dheigh sid, bha nighean an rìgh ag iarraidh air a dhol air ais do 'n talla maille rithe gus biadh a ghabhail. Ach an uair a thug e fa near gu 'm feumadh e 'aghaidh a nochdadh dhi, agus air eagal gu 'm faigheadh i 'mach nach b' e Fatima a bh' ann, ghuidh e gu durachdach oirre leigeadh leis a bhiadh a ghabhail 'na sheomar fhein; agus thuirt e rithe mar an ceudna, nach robh e 'g itheadh greim aig am sam bith ach aran agus measan tiormaichte.

Thug nighean an rìgh cead dha a bhiadh a ghabhail 'na sheomar fhein; ach thuirt i ris: "A mhathair mhath, faodaidh tu 'bhith cho saoirsneil ann an so 's ged a bhiodh tu 'nad chuil bhig fhein. Bheir mi ordugh biadh a thoirt dhut, ach cuimhnich gu 'm bi duil agam riut do m' sheomar fhin cho luath 's a ghabhas tu do bhiadh."

An uair a ghabh nighean an rìgh a dinnear, agus a dh' innseadh do 'n draoidh gu 'n d' eirich i o 'n bhord, thainig e steach far an robh i.

"Mo mathair mhath," ars' ise, "tha aoibhneas mor orm gu 'm bheil boirionnach cho naomh riut a' cumail cuideachd rium. Bheir thu beannachd air an luchairt. Ach a nis, o 'n a tha mi 'labhairt mu 'n luchairt, innis dhomh, guidheam ort, cia mar a tha i 'cordadh riut? Agus mu 'n leig mi fhaicinn dhut an luchairt gu leir, innis dhomh an toiseach ciod i do bharrail air an talla so."

Chrom an draoidh a cheann an toiseach, a leigeadh air nach robh e toileach amharc air na nithean maiseach a bha ri 'm faicinn mu 'n cuairt dha. Mu dheireadh thog e 'cheann, agus an uair a bheachdnaich e air an talla o cheann gu ceann, thuirt e: "Cho fad 's a theid aig creutair bochd, aonaranach mar a tha mise air breith a thabhairt, agus mi aineolach air na nithean a tha maiseach ann an sealladh an t-saoghail, tha 'n talla so anabarrach uile fhein maiseach; ach tha aon rud 'g a dhith."

"Ciod e an rud a tha 'n sin, a mhathair mhath?" arsa nighean an rìgh; "innis dhomh e, guidheam ort. Air mo shon fhin dheth, bha mi 'n comhnuidh a' creidsinn nach robh rud sam bith 'g a dhith, agus chuala mi a h-uile neach a chunnaic e ag radh nach robh dad 'g a dhith. Ach ma tha rud sam bith 'g a dhith, cuirear ann e."

"A bhana-phrionnsa," ars' esan, "thoiribh mathanas dhomh air son mi bhith cho dana 's gu n do labhair mi mu 'n chuis. Ach is e mo bharrail-sa, ma 's fhiach i dad, nam biodh ugh roc air a chrochadh ann am mullach an t-seomair, nach biodh aon talla dhe leithid ann an

ceithir ranna ruadh' an t-saoghail, agus nach biodh leithid eile na luchairt so anns an t-saoghail mu 'n iath a' ghrian."

"Mo mhathair mhath," arsa nighean an righ, "ciod e an seors' eoin a th' anns an roc, agus c'aite am faighear an t-ugh aige?"

"A bhana-phrionnsa," ars' esan, "is e eun anabarrach mor a th' ann a tha fuireach air mullach beinn Chacasuis. Theid aig an fhear a thog an luchairt air ugh fhaotainn dhuibh."

An deigh do nighean an righ taing a thoirt dha air son na comhairle 'thug e oirre, thug i greis air comhradh ris mu nithean eile; ach cha b' urrainn i ugh an roc a leigeadh as a cuimhne. Bha Aladin aig an am air falbh anns a' bheinn sheilg. Bha fhios aig an draoidh gu 'n robh e air falbh, agus b' e sin a thug air an cothrom ud a ghabhail air e fhein a chur ann an riochd Fatima, agus a dhol far an robh nighean an righ.

Air a' cheart fheasgar ud fhein thill e dhachaidh as a' bheinn sheilg, beagan uine an deigh do 'n draoidh a dhol d' a sheomar fhein. Chaidh e gun dail sam bith do sheomar nighean an righ, agus dh' fhailtich e i gu cridheil, gradhach. Chuir e uidhreachd nach robh i cho fior shunndach 's a b' abhaist dhi. "Mo bhana-phrionnsa," ars' esan, "cha chreid mi gu 'm bheil thu cho sunndach 's a b' abhaist dhut. An do thachair dad sam bith fhad 's a bha mi air falbh a chuir dragh ort. Ma thachair, ann an ainm Dhe innis dhomh e. Ni mi gach ni 'nam chomas a chum do thoileachadh.

"Cha 'n 'eil ann ach rud gle bheag," arsa nighean an righ, "agus cha do shaoil mi gu 'n aithnicheadh tu orm e; ach o 'n a thug thu 'n aire gu 'n robh rud a' cur dragh' orm, cha cheil mi ort e na 's fhaide.

"Bha mi 'n comhnuidh a' creidsinn, mar a bha thu fhein," ars' ise, "gur i an luchairt so an aon togail cho mor 's cho briagha 's cho coimhlionta 's tha air an t-saoghal gu leir. Ach innsidh mi dhut a nis ciod a tha mi 'faicinn 'g a dith an uair a sheallas mi air talla nan ceithir uinneagan fichead. Nach aontaich thu leam gu 'm biodh an talla coimhlionta nam biodh ugh roc an crochadh 'na mhullach?"

"A bhana-phrionnsa," ars' Aladin, "foghnaidh dhut a radh gu 'm bu mhath leat a leithid sin a chur ann. Chi thu gu 'm bheil mise deas agus toileach air rud sam bith a dheanamh gus do thoileachadh."

Chaidh Aladin anns a' mhionaid do thalla nan ceithir uinneagan fichead, agus an uair a thug e an cruisean as a bhrollach, far an robh e 'n comhnuidh aige 'g a ghleidheadh air eagal gu 'm faigheadh neach sam bith greim air thug e suathadh air; agus ann an tiotadh bha am fathach 'na sheasamh air a bheulaobh. Thuirt Aladin: "Tha ugh roc ri 'chrochadh ann am mullach an talla so. Tha mi 'g ordachadh dhut, ann an ainm a' chruisgein so gu 'n cuir thu ann e gun dail." Cha bu luaithe labhair Aladin na briathran so na leig am fathach glaodh eagalach as a chuir an talla air chrith cho mor 's gu 'n do theab Aladin tuiteam as a sheasamh.

“Ciod a tha ’nad bheachd, a dhuine gun tur gun toinnisg?” ars’ am fathach le guth cho garg ’s gu ’n cuireadh e crith is eagal air an fhear bu treine fo ’n ghrein. “Am foghainn leat idir gu ’n d’ rinn mi fhin agus mo chompanaich dhut a h-uile rud a dh’ aithn thu dhuinn gus a so? Ach tha thu cho neo-thaingeil ’s gu ’m bheil thu ’g iarraidh orm mo mhaighstir a thoirt an so, agus a chrochadh ann an mullach an talla. B’ airidh thu air a shon so, gu ’n loisgteadh thu fhein, agus do bhean, agus an luchairt gu leir. Ach is math dhut nach tu-fhein is mathair-aobhair do ’n iarrtus so. Biodh fhios agad, ma ta, gur e brathair an draoidh Africanaich, do dhearg namhaid, agus a chuir thu gu bas mar is math a thoill e, a chuir ann an ceann do mhna so iarraidh ormsa. Tha e anns an luchairt so ann an riochd a’ bhoirionnaich naoimh, Fatima, a mhort e. Tha e suidhichte gu ’m marbh e thusa. Thoir an aire mhath dhut fhein.” An uair a labhair am fathach na briathran so, chaidh e as an t-sealladh.

Chum Aladin ’na chuimhne a h-uile facal a thuirt am fathach ris. Chual’ e mu dheidhinn a’ bhoirionnaich naoimh, Fatima, agus gu ’n robh i cumail am mach gu ’n leighiseadh i cinn ghoirte. Thill e do sheomar nighean an righ, ach cha do leig e air gu ’n robh am fathach a’ bruidhinn ris. Ghearain e gu ’n robh a cheann anabarrach goirt. An uair a chuala nighean an righ so, dh’ ordaich i am boirionnach naomh a thoirt an lathair, agus dh’ innis i do Aladin gu ’n d’ thug i dhi seomar anns an luchairt.

An uair a thainig an draoidh a steach, agus e ann an riochd Fatima, thuirt Aladin: “Thig an

[TD 30]

[Vol. 12. No. 4. p. 6]

so, a mhathair mhath; tha mi toilichte d’ fhaicinn aig an am fhortanach so. Tha mi ’fulang pian anabarrach ’nam cheann, agus bu mhiann leam gu ’n tugadh tu cuideachadh dhomh. Tha earbsa mhor agam ’na do dheadh urnuighean, agus tha dochas agam nach diult thu dhomhsa am fabhar a tha thu ’deanamh ri iomadh neach eile a tha ’fulang le ceann goirt.”

An uair a thuirt e so, dh’ eirich e ’na sheasamh, agus chrom e ’cheann.

Thainig an draoidh dluth dha agus a lamh fad na h-uine air a’ bhiodaig a bha ’m falach aige fo ’n chleoca. Thug Aladin an aire mar a bha, agus rug e air a laimh mu ’n d’ fhuair e cothrom air a’ bhiodaig a thoirt am mach o ’n chleoca. Chuir e ’bhiodag a bha na laimh fhein troimh ’n chridhe aig an draoidh, agus leag e marbh air an urlar e. “Mo cheile gaoil, ciod a rinn thu?” ghlaodh nighean an righ agus uamhas oirre. “Marbh thu am boirionnach naomh.”

Fhreagair Aladin gu ciuin, agus thuirt e: “Cha do mharbh. Cha b’ i Fatima a mharbh mi idir, ach duine ro aingidh a bha air mi fhin a

mharbhadh mur b' e gu 'n do bhac mi e."

An uair a thug e an srol bhar 'aodainn, thuirt e: "Thachd an duin' aingidh so Fatima, agus chuir e uime a cuid aodaich a chum tighinn an so gus mise 'mharbhadh. Ach a chum gu 'm bi fhios agad co e, is brathair e do 'n draoidh Africanach."

An sin dh' innis Aladin dhi mar a fhuair e fios air gach ni a rinn e air Fatima, agus dh' ordaich e an corp a thoirt air falbh as a shealladh.

Mar so bha Aladin air a shaoradh o gheur-leanmhuinn dithis bhraithean a bha 'nan draoidhean.

An ceann beagan bhliadhnachan dh' eug an righ, agus e 'na fhior sheann duine. O nach robh mac aige, b' i a nighean a bha 'na h-oighre dligheach air a' chrùn. Thug i do Aladin cumhachd gu bhith riaghladh maille rithe. Agus rioghaich iad moran bhliadhnachan maille ri 'cheile, agus dh' fhag iad teaghlach a bha araon lionmhor agus ainmeil 'nan deigh.

(A' chrìoch.)

TEANNDACHD MHOR NA FEINNE.

ROIMH-RADH.

DO thaobh a' choimh-cheangail a tha eadar an Dàn so agus Brataichean na Feinne, cha 'n 'eil feum air mòran a ràdh an so. Ach tha e so dhearbhadh gu 'n deachaidh Cinn-fheadhna na Feinne am mach le 'm Brataichean, agus le 'n cuideachdan cruaidh-bheumach, sàr-bhuilleach, mòr-fheargach; gach aon a' brosnachadh a chompanaich a chum liodairt agus sgrios an naimhdean. Mharbh iad na Lochlannaich gu léir, mar a dhearbhas an Dàn so: agus ge do mharbhadh mòran de na Fianntaibh, ghléidh iad an àr-fhaich le onair.

Latha do Phadraig 'na mhùr,
Gun sailm air ùigh ach ag òl,
Ghluais e do thaigh Oisein mhic Fhinn,
O 's ann leis bu bhinn a ghlòir.

"Dith do bheath', a sheanair shuairc,
Ugad air chuairt thainig sinn;
A laoich threun a's deirge dreach,
Cha d' eur thu riamh neach mu d' ni."

"Sgeul a b' aill leam fhaotainn uat,
Ogha Chumhail nan cruaidh cholg,
An cath a's teinne 'n robh an Fheinn,
O'n là ghin thu riamh 'na lorg."

"'S ann agams' tha dearbhadh sin dhut,
A Phadraig ud nan salm grinn,

An cath a's teinne 'n robh na fir,
O'n là ghineadh Fianntaidh Fheinn.

Dearmad fleagha do rinn Fionn
An Alba ri linn nan laoch,
Air cuid de 'n Fheinn shuas Druim-dealg;
Gu 'n d' éirich am fearg 's am fraoch.

"Ma dhiobair sibh sinne mu 'n òl,"
Thuirt mac Ronain le glòir bhinn;
"Bheir mise is Aillde glan ùr
Freiteach bliadhna ri tur Fheinn."

Thog iad gu sgiobalt' an triall,
An claidheamh 's an sgiath 'nan luing,
Is ghluais an dithis de fhearaibh ùr'
Gu rìgh Lochlann nan sliabh sliom.

Fastadh bliadhna ris an rìgh
'S e rinn an dithis bu gheal dreach,
Mac rìgh Crannchur nan arm geur,
Agus Aillde nach d' eur neach.

Ghabh bean rìgh Lochlann nan sgiath donn,
Trom-ghaol mor nach robh gu deas,
Air Aillde greadhnach nan arm geur,
Gus an d' éirich a' cheilg leis.

Dh' éirich i o leab' an rìgh:
Sud an gnìomh mu 'n d' dhòirteadh fuil.
Gu Alba rioghail nam Fiann;
Thogadar an triall thar muir.

Bu rìgh air Lochlann 's a' cheart uair,
Fear a bhuinigeadh buaidh 's gach blàr,
Earragan mac Ainnir nan long;
A rìgh, bu mhath a lann 's a lamh.

Chruinnich rìgh Lochlann a shluagh,
A chabhlach luath a bha glé dheas:
Leatha dh' éirich ri aon uair,
Naoi rìghrean 's an sluagh leis.

Lochlannaich, a' bhuidheann bhorb,
Is glan an colg a' dol air ghleus;
Thug iad am mionnan roimh 'n triall,
Nach tilleadh iad is Fiann 'nan déigh.

Sheòl iad air na tonnaibh àrd'
Gu crìochaibh Alba nan arm nochd,
Is leag iad am puiblidh gu tiugh,
Goirid o'n bhruth 's an robh Fionn.

Teachdaireachd thainig gu Fionn,

Sgeula trom 'chuir rium gu truagh;
Comhrag nan laoch an Innis-Phail,
G'a iarraidh air an tràigh mu thuath.

'S i a' chomhairle a chinn aig Fionn,
'S aig maithibh na Feinne gu leir,
Nighean an rìgh, nan gabht' i uath',
Chur gu rìgh Lochlann nan arm geur.

Chuir sinn uainn nighean an rìgh,
Bu ghile cneas 's bu ghuirme suil;
'S chuir sinn d'a coimheadachd ceud each,
A b' àille a sheas riamh air sliabh;
Is ceud marcach air am muin,
Le 'n earradh òir mar dhealradh grian.

'N uair 'thùirling i air an tràigh,
Dh' fhàg i 'na déigh na h-eich,
Is thug i ceum an sin d' an còir,
'S dà ubhal oir 'na laimh dheis:
Lionmhorachd òir air a h-earradh,
Dealbh a' Chrùin do 'n geill na slòigh.

"Do naigheachd o phobull Fheinn,
Innis dhuinn, a chiabh nan cleachd."
"Ma rinn do bhean ort beairt chli,
'S gu 'n d' iomair i gnìomh gu cearr;
Càirdeas is comunn ri Fionn
'S gu 'm faigheadh tu mi 'na geall."

"Gheibheadh tu sud is ceud each
A's àill' a sheas riamh air sliabh;
Is ceud marcach air am muin,
Le 'n earradh òir mar dhealradh grian.

"Gheibheadh tu sud is ceud còrn,
'Dheanadh de 'n uisge ghlan fion;
'S ge b' e dh' òladh asda deoch,
Cha rachadh a dhochann am meud.

"Gheibheadh tu sud is ceud crios,
Cha téid slios mu 'n téid iad eug;
Leighiseadh iad leith-trom is sgìos;
Seudan riomhadh nam buadh saor.

"Gheibheadh tu sud is ceud mias,
Cursa rìgh a dh' àrach àil;
Ge b'e ghleidheadh iad r'a bheò,
Chumadh iad duin' òg do ghnàth.

"Gheibheadh tu sud is ceud mac rìgh,
A bhuinigeadh cìs air sluaghaibh borb;
Gheibheadh tu sud 's ceud seobhag suairc,
Air am bitheadh buaidh nan eun.

“Gheibheadh tu sud is ceud long
A sgoilteadh tonn air bhuinne borb,
Air an luchdachadh gu trom
Leis gach aon ni a b’ fhearr doigh.

“Gheibheadh tu sud is ceud greigh
Is lan glinne de chrodh barr:
Ach mur foghainn leatsa sin,
Tog leat do bhean, is bi triall.”

“Cha tugainnse sith do Aillde ùr,
No do mhaithibh na Feinne gu leir,
Gun Fionn fein a thoirt fo m’ bhreith,
'S gun a’ chreach a thoirt gu traigh.”

“Cha d’ thug thusa leat de neart,
Do réir mo bheachd-sa, thar sàil’
Na chuireadh Fionn fo do bhreith,
No bheireadh a’ chreach gu tràigh.

“Mur gabh thu sud, soraidd leat,
O chaidh d’ achuinge thar ceart;
Cha ’n fhaigheadh tu cinn nan laoch,
'S cha gheilleadh dhut sluagh Innis-Phail.”

“Cha ’n fhalbh thus’, a chiabh nan cleachd,
A righ-bhean fharasd’ a’ bheoil bhinn:
Gheibheadh tu na seudan saor,
Is fuirich leam fein mar mhnaoi.”

“Ach cha ’n fhan mi, ’cheann nan cliar,
O nach caisginn d’ fhiamh is d’ fhearg;
'S o nach fhaighinn saor gu m’ bhreith
Sith do ’n iomlan de ’n Fhiann.”

Thionndaidh i riuth’ a cùl,
Is mharcaich i ’n cùrsa gu dian:
Bu lionmhor srol g’a thogail suas;
'S ’nan airm gu luath chaidh an Fhiann.

Seachd fichead de mhaithibh na Feinne,
Is Aillde fein air an tùs,
Thuit sud le laimh Earragan mhoir,
Mu ’n deachaidh na slòigh an dlùths.

Dh’ fhuirich Fionn fada ’na thosd,
'S laidh sprochd air an Fheinn gu léir:
“Co ’dhiongadh Earragan ’s a’ ghreis,
Mu ’n leigeamaid leis ar claoidh?”

'S ann bha fhreagradh sud aig Goll,
An sonn bu deacair a chlaoidh:
“Leig eadar mi ’s Earragan ’s a’ ghreis

'S gu 'm feuchamaid ar cleasan lugh."

"Mac an Luich is Ciaran crom;
Diarmad donn is mac an Leum.
Do d' dhion o bhuillibh an laoich;
Cuir dithis air gach taobh mu d' sgeith."

"Thoir leat an seachd fichead fear mor,
Leis nach b' fhurasd' geill 'thoirt air thùs,
'S gu 'm foghnadh an cleasan lugh.

Ochd laithean is tri tràthan,
A' sior chur àireamh as na slòigh,
Is ceann rìgh Lochlann nan sgiath donn,
Do bhuinig Goll an naoidheamh lòn.

Ceithir fichead is coig mìle sonn,
Thuit sud le Garradh 's le Goll,
'S a thri uiread le Oscar mo mhac-sa,
Is le Carrull a' chneas bhàin.

Air an ainm a thugadh orm,
A Phadraig ud nan salm grinn,
Thuit leam fein agus le Fionn,
A cho-lìon fear ris a' cheathrar.

Is mur am fear a chaidh o fheum,
No theich 'na mhaoim a null do 'n Ghreig,
De thaigh rìgh Lochlann, no de 'shluagh
Cha deachaidh duine do 'n tìr fein.

Ged thug sinn buaidh anns a' ghreis,
Cha d' rinn sinn an là ud ar leas;
Dh' fhag sinn corr is leith ar Fiann
Air an traigh 'tha siar fo dheas.

'S nan lughainnse air mo rìgh,
Cha mho na ar trian thainig as.
Sin agads' 'n cath 's teinne 'n robh an Fhian,
A Phadraig nan salm 's nan clag,
Is nam biodh tusa air an traigh,
Air Fianntaibh Phail bu mhòr do mheas.

[TD 31]

[Vol. 12. No. 4. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic
AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR

Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prisean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c, &c.

A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>

FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.

<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,

FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.

Airgead ri thoirt seachad an iasad.

UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>

An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.

Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>

BATHAR CRUAIDH.

Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,

DOTAIR FHIACAL.

OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>

URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>

URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.

An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>

URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE

anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA.<gai>
CORPAICHTHE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha BANCA-CAOMHNAIDH ann anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3%'sa bhliadhna.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, scen is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

[Dealbh]
A. J. BEUTAN,

(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>

Sidni, Feb. 8, '01.

A. J. BEUTAN.

Bathar Cruaidh

Tuaghannan

Saibh

Locraichean

Glaskan

Tairnean

Sgionan, etc.

Aonghas Mac Leoid

Paipear-balla

Paint

Olla

Putty

Varnish

Gloine

Etc., etc.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.

M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

(Air a leantuinn o thaobh 29.)

'Nis, leigibh dhomh, mo chàirdean òga, innseadh dhuibh ciod tha'n teagasg so a' cuir an céill, agus ciod bu choir dhuibh fhoghlum o na chaidh nis a labhairt. Cuiream an céill ciod bu chòir do'n fhirinn so a theagasg dhuibh-gum faod nithe mòr a bhi an earbsa air nithe faoin agus beag.

'Sa' cheud àite,—Bithibh cùramach, faicleach, furachail, ciod a

labhras sibh. Ged nach labhradh leanabh beag ach aon droch fhocal, agus gu'n éisdeadh balachan no caileag an droch fhocal, agus am focal sin a chuimhneachadh agus a chleachdadh, tha'n t-aon sin a' fàs olc, agus feadhainn eile air an tarruing air falbh leis, agus a' cinntinn suas gu bhi nan daoine peacach; agus theid iadsan air an aghaidh, mur caisg Dia iad, a' mealladh feadhainn eile; air chor 's gum faod aon fhocal peacach mòran uilc a dheanamh, agus call aimsireil agus sìorruidh a thoirt an car iomadh aon. Innseadh leanabh aon bhreug, agus o bheag gu mòr theid e air aghaidh gus am bi e na bhreugaire ainmeil seasmhach. 'S fhad o na chuala sinn, "Cha seas a' bhreug air an aon chois;" agus aon pheacadh, coma ciod e, tarruingidh e gu peacadh eile. Tha e mar an t-srad a thug am balachan leis do'n choille, a thog an lasair mhòr. Cuimhnichibh gu bheil Dia ag éisdeachd na h-uile focal tha sibh a' labhairt, agus gu'n toir e sibh gu cunntas airson gach focal faoin air latha 'bhreitheanais.

'San dara àite,—Bithibh cùramach faicleach mu'n chuideachd tha sibh a' gleidheadh, agus na companaich tha sibh a' deanamh. Faodaidh leth-uair do'r n-aimsir ann an droch chuideachd anabarr uilc a dheanamh, agus anabarr call a thoirt na'r rathad. O dhroch companaich amaideach gòrach, faodaidh sibh droch fhocal 'éisdeachd nach cuala sibh riamh. C'àit an cuala sibh gach droch fhocal a chuala sibh? Cha'n ann o 'ur pàrantan, na o 'ur luchd-teagaisg, ach o dhroch companaich. Faodaidh aon droch bhalachan mòran a mhilleadh. Faodaidh e an giùlan, am modh, am beusan, am biuthas, a mhilleadh—an ùmhlachd 's an gràdh do Dhia, agus an dìlseachd do'm pàrantan. Faicibh nach tachair so dhuibhse. 'Nuair chluinneas sibh aon fhocal o neach air bith a tha fios agaibh nach labhradh 'ur màthair no 'ur n-athair, bithibh cinnteach gu bheil sibh an droch cuideachd. Teichibh, fàgaibh an t-àite, agus seachnaibh iad 'san àm ri teachd.

'San treas àite,—Biodh eagal Dé oirbh. Guidhibh air gach là, e ga'r dìon o bhuaraidh agus o pheacadh. Na leigibh là seachad gun chuimhneachadh air Dia. Deanaibh dearmad air so aon là, agus ni sibh e iomadh là. Ni aon Sàbaid air a cur seachad gu gòrach, peacach, 'ur tarruing gu iomadh Sàbaid eile 'chaitheadh 'san dòigh cheudna. Am bu mhiann leat an linne mhòr as a' bheil am muileann a' faotuinn an uisg' a tha 'ga ghluasad a mhilleadh? Cha ruig thu leas a bhruach a tha mu 'thimchioll gu buileach a leagail. Fòghnaidh dhuit aon bhealach beag 'fhàgail, agus traodhaidh sin e gu tioram. Is lìonmhor iad a tha ann an ionad na truaighe, a chailleadh tre aon droch chleachdadh—tre 'n giùlan air aon latha. Bithibh faicleach ciod tha sibh a deanamh.

A' bheil a h-aon agaibh a' faicinn nì nach buin duibh, ach bu mhiann leibh fhaotuinn? Na sanntaich e, airneo faodaidh an sannt so fàs, agus do thoirt air t-aghaidh o cheum gu ceum, gus am bi thu a' d' mhèirleach mòr. Bha Iùdas sanntach, agus mar so reic e Crìosd. Ma chi tha nì bu mhiann leat a bhi agad féin—ma shanntaich thu e, thoir an aire. Na sìn a mach làmh chum a ghabhail; oir ma ni, theid thu air t-aghaidh ceum air cheum, gus an glaisear thu sìos 'sa phrìosan, agus fadheòidh an staid na truaighe.

Na feuch ri nì sam bith a dheanamh airson nach faod thu beannachd
Dhé iarraidh ann an ùrnuigh. Tha sùilean an Dé mhòir ort do ghnàth,
agus faodaidh siorruidheachd a bhi crocht' air do ghiùlan fad uair
an uaireadair. Cuimhnichibh so, agus biodh sgàth a's eagal oirbh
roimh 'n pheacadh; agus guidhibh gu dùrachdach còmhnaidh an Spiorad
chum 'ur gléidheadh o pheacadh, air sgath Chrìosd.—Cuirtear nan
Gleann.

CUMHA NAM BRAITHREAN.

LEIS AN URR. DONNACHADH DUGHALLACH.

LUINNEAG.

Mo bheannachd, mo bheannachd
Gu dlùth n' ur déidh;
Mo bheannachd d' ur n-ionnsaigh
Gu dùthchannaibh céin,
Le dùrachd nam bràithrean
'S nan càirdean gu léir;
Gun stiùradh an Tighearn' sibh
'S an t-sligh' anns gach ceum.
Mo bheannachd, mo bheannachd
Gu dlùth n' ur déidh.

Is tric m' inntinn ag ionndrainn
Comunn rùnach mo ghràidh,
Leis an tric bha mi mùirneach,
'S nis an cùl rium gu bràth;
Cuid diu sgapte feadh dhùthchan
'S cuid fo dhùiseal a bhàis;
Tha ar sgaradh bho 'chéile
Mar na féithean o'n chnàimh.

Nuair a theid mi 'n taigh-ùirnigh
Tha ur rùm an sin fàs;
Ann cha 'n fhaic mi na gnùisean
'S tric a dh' ùraich mo chàil;
Is cha chluinn mi ur n-ùirnigh
Leis an dùrachd 'bu ghnàth,
Far an tric an do thùirling
Oirnn an t-ùngadh bho 'n àird.

Amhuil eun air a spìonadh,
Feadh nan sliabh fo throm phràmh,
E na ònrachdan cianail
Bhon a thriall a chuid àil,
'S gun de dh-iteach na sgiathan
Nis na thriallas na 'm pàirt,
Tha mo chor-sa le m' iargainn
Air a bhliadhna tha 'n làth'r.

Tha ur sgaoileadh ro dhuilich;
Cuid am Muile nam beann,

Cuid an Cola 's am Barraidh,
'S cuid air machair nan Gall.
Ceann-Loch-Gilb is Ceann-Tìre
Thug iad sgrìob oirnn nach gann,
Is America Thuathach,
Tir an fhuachd is nan crann.

Ged nach faod mi bhur leantuinn
Air feadh shrathan is bheann,
Bithidh m' ìinntinn g' ur leantuinn
'Chaidh le tairiseachd theann.
'S mur a faodar leinn tachairt
Air an talamh so th' ann,
Bidh ar sùil ris an latha
Far nach dealaich sinn thall.

[TD 32]

[Vol. 12. No. 4. p. 8]

TUIREADH

LEIS AN DOTAIR MAC-LACHAINN.

'S trom mo ghleus air uchd an stùichd
Anns an fheasgar chùbhraidh Chéit';
Dealt nan speur a teannadh dlùth,
Inneil-chiùil am barr gach géig.

Chrom a ghrian, tha 'n iarmailt ruadh
Air cuan mor nan stuadhan àrd;
Feuch an long ag éirigh 'suas,
Mar thaibhs' fuar i seach a snàg.

Tha 'n oidhch' 'teachd le 'trusgan ciar,
'N àirde 'n iar th' air dol na 'smàl;
Thréig an téis bha 'm beul nan ian
Ach cha 'n fheil mi triall o'n àird'.

Tha gach cuileag dhìblidh, fhaoin
Air gach taobh a gabhail tàimh,
'S mis' am shìneadh anns an fhraoch
Làn de smaointinnean gun stàth.

On a thainig mi do 'n t-saogh'l,
'S beag a rinn mi 'smaointinn glic;
Mar bhlàth cluarain air an raon
'Ghluaiseas leis gach gaoith a thig.

Ach tha smaointinn thiamhaidh, bhochd
'Nochd a mosgladh ann am chridh',
'Tha mar fhàsach falamh, fuar,
'S e gun luaidh air neach no ni.

Cha 'n fheil agam leannan gaoil,
No fìor charaid caomh fo 'n ghréin,
Cha 'n fheil agam bean no clann,
No neach 'b' annsa leam na chéil'.

Amhuil mar bhrùid air a mhàgh,
Gun eagal, gun ghràdh, gun dùil;
Cha 'n fheil cùram air mo chridh',
'S mi gun ni 'san cuir mi ùigh.

Ard-Rìgh nam feart, tionndam riut,
'S air mo ghlùinibh guidheam ort,
Deònaich dhòmhsa cridhe nuadh,
Eisd ri m' ùirnigh thruaigh an nochd.

Doirt a nuas do Spiorad caomh,
Ris an t-saoghal bheiream cùl;
Dhuit, a-mhàin, O! thugam gaol,
Is na t' Aon Mhac cuiream dùil.

Eisd, a Shlànaighir nam buadh,
Ri dian ùirnigh thruaigh mo chridh';
Tha mo cheum air slighe bhàis,
'Thriath nan gràsan sàbhail mi.

Ged a bha Dotair Rahuaidhe na 'dhuine caoibhneil, measail, bha roinn mhor de ghòraiche pheacach fuaighte ris. Tha e na thoileachadh 'fhaicinn na 'shean aois na 'shìneadh air an fhraoch ag aideachadh a pheacannan agus a guidhe ri Slànaighear nam buadh agus nan gràs air son sàbhalaidd. A bheil bàrd againn an diugh a ghabhas coimeas ris an Dotair air son doimhneachd faireachdainnean?

AN NEOINEIN.

LEIS AN URR. DONNACHADH MAC GILLEAIN.

"A neòinein bhàn a's àillidh snuadh,"
Le cridh' nach fuar ort dearcam dlùth;
Tha geal is dearg 'co-ghleachd ad ghruaidh,
'S is doirbh r'a luaidh gach buaidh tha 'd ghnùis.

'S tu lus is àilt' tha fàs air raon,
Mar òigh gun ghaoid do chaoin chruth bàn,
Gu nàrach, gràdhach, màlda, maoth,
Dearg-bhileach, caoin-gheal, aoidheil, tlàth.

Am maduinn chiùin-ghil, chùbhrìdh, chaoin,
Mar neòinein maoth air raon nam blàth:
Do ghrian nan gath le barrachd gaoil
A sgaoil a chaoin uchd gaolach, tlàth.

Mac-samhailt so do ghrian nan gràs

Le barrachd gràidh an càirdeas dlùth,
Air m' anam 'dearrsadh 'ghathan blàth,
Is dhàsan ìocam gràdh is cliù.

Is ged thig dubhar air mo là,
Car tràth ged shnàmh mo ghrian tre neòil,
Mar neòinein maoth ged fhaigheam bàs,
'S ged shearg mo bhlàth car tràth fo'n fhòid,

Orm ruigidh earrach, drùighidh Màrt
Le dealta tlàth, 's le gathaibh caoin;
Orm dearrsaidh grian, is boillsigidh là,
Gu bràth nach sgàilear le dubh-neòil.

Am neòinein gràidh fo sgàil nan geug,
A chaidh nach cail an sgèimh no'n snuadh;
Le m' bhroilleach sgaoilte ri caomh ghréin,
Am maduinn chéitein shèimh, bhith-bhuan.

Fo sgàil nan craobh tha 'm flaitheas Dhia,
Air bruachaibh sgiamhach nan sruth beò,
Cha lot a' ghealach mi no 'ghrian,
'S gu sìor cha sheac 's cha chrìon mo ghlòir.

Iadsan a Phaigh.

Domhnull Mac Neacail, <eng>Roseburn<gai>
Coinneach Mac Iosaig, Abhainn Mhuileach
Bean I. D. Mhic Fhionghain, Scotsville
Bean Iain Mhic Mhanainn, <eng>Eel Cove<gai>
Anna Dhomhnullach, <eng>Indian Brook<gai>
Padruig Mac Gillfhinnein, Baddeck
Murchadh Mac Leoid, Bagh Bhaddeck
Iain Mac Iomhair, Bagh Bhaddeck
Donnachadh Mac Aoidh, Bagh Bhaddeck
A. I. Mac Coinnich, Eilein <eng>Christmas<gai>
Ailein Mac Gilleain, <eng>McCormick's P. O.<gai>
Iain Mac Coinnich, <eng>New Harris<gai>
Iain Stiubhart, Gleann a Phiobaire
Ruairidh Mathanach, <eng>St. Esperit<gai>
Oighrig Strachan, <eng>St. Esperit<gai>
Iain Domhnullach, Ceap Nor
Bean Iain Dhomhnullaich, Baoghasdal
Uilleam Mac-an-Tòisich, Bagh St. Lawrence
An t-Urr. A. Mac-a-Phearsain, Bagh <eng>St. Lawrence<gai>
Caitriona Nic-Iomhair, na Caoil Bheaga
A.. D. Mac Thearlaich, Drochaid Bhaddeck
I. F. Murphy, Acarsaid Chloinn Fhionghain
Seumas Mac Aonghais, <eng>Kennington Cove<gai>
Iain Mac Gillemhaoil, Rathad Horne
Gilleasbuig Moireasdan, Rathad Horne
Tormad Mac Ascuill, Framboise
Domhnull Domhnullach, Abhainn Dhennis

E. D. Nic Amhlaidh, Abhainn Dhennis
 Donnachadh Mac Leoid, Loch Bhlackett
 Iain L. Mac Gilleain, <eng>Woodbine, Mira<gai>
 Aonghas Mac Fhearghais, Port Morien
 E. D. Mac Gillemhaoil, Hogamah
 Niall Mac Gilleain, Fourchu
 Aonghas Mathanach, an Gut a Tuath
 Eachunn Mac Neacail, Cóbh, a Bheabheir
 An t-Urr Uilleam A Friseil, <eng>Marion Bridge<gai>
 Iain Mac-a-Bhiocair, Catalone
 Lachuinn Mac Gilleain, Gut Chatalone
 D. N. Mac Gillemhaoil, Loch Ainslie
 Bean Dhomhnuill Bhurns, <eng>Sonora, N.S.<gai>
 Dr. Murchadh Siosal, Halifacs, N.S.
 A. Mac Coinnich, Halifacs, N.S.
 Ailein Mac Gilleain, Halifacs, N.S.
 Aonghas Mac Iosaig, <eng>Dartmouth, N.S.<gai>
 Bean Sheumais Dhònnullaich, <eng>Fraser's Mills<gai>
 Alasdair Domhnullach, Allt Mhic Ara
 Domhnull Mac Rath, <eng>Vancouver, B. C.<gai>
 Alasdair Seathach <eng>Hilton, Man.<gai>
 Uilleam Mac-a-Phì, <eng>Forest Hill, E.P.I.<gai>
 Aonghas Brus, <eng>Grand View, E.P.I.<gai>
 An t-Urr R L Dughallach, <eng>Brookside, Assa.<gai>
 Eoin A. Gillios, Fletwode, Assa.
 Seoras Mac Rath, Gleann <eng>Robertson, Ont.<gai>
 Oighrig Nic-Raonuill, <eng>Toronto, Ont.<gai>
 Ruairidh Camaran, Loch-Aills, Ont.
 Neacal Mac Lachainn, <eng>Napier, Ont.<gai>
 Eobhan G. Caimbeal, <eng>Sycamore, Ills.<gai>
 Gilleasbuig Mac Lachainn, <eng>Detroit, Mich.<gai>
 Alasdair Mac Calum, <eng>Detroit, Mich.<gai>
 Uisdean Mac Gillemhaoil, <eng>Detroit, Mich.<gai>
 Calum Mac Lachainn, <eng>Detroit, Mich.<gai>
 Iain Mac Thorcuill, <eng>Iron, Minn.<gai>
 D. C. Mac-an-t-Saoir, <eng>Cleveland, Ohio<gai>
 D. Mac Calum, <eng>Cleveland, Ohio<gai>
 Coinn. Mac Fhionnlaidh, <eng>Toledo, Ohio.<gai>
 I. D. Domhnullach, <eng>Dorchester, Mass.<gai>
 Iain G. Mac Eachuinn, <eng>Woburn, Mass.<gai>
 A. Domhnullach, <eng>Newton Centre, Mass.<gai>
 G. C. Mac Gillemhaoil, Lunnuinn, Sasunn
 I. G. Mac Aoidh, Lunnuinn, Sasunn
 E. Hepburn, Lunnuinn, Sasunn
 Ian Mac Coinnich, Lunnuinn, Sasunn
 R. G. Mac Leoid, Pila, Lagurna, P. I.

POSADH.

Ann an Sidni Tuath, air an dara la deug de dh'Ogust, leis an Urr. T. Chalmers Jack, B. A., Uilleam I. Caimbeal agus Cassie Bell, nighean Dhomhnuill Chaimbeil, (fear-cusbuinn) nach maireann, Boulardarie.

<eng>The Canadian Bank of Commerce<gai>
RIS AM BHEIL AIR AONADH
<eng>THE HALIFAX BANKING COMPANY.<gai>

Earras Paidhte \$8,700,000
Airgiod Taimh 2,500,000

ARD OFIS, TORONTO.

AN T-ONORACH DEORSA <eng>A. COX,<gai>
Ceann-Suidhe.

<eng>B. E. WALKER,<gai>
Ard Mhanager.

Ofis an LUNNAINN (Sasunn) aig 60 <eng>Lombard St., E. C.
S. CAMERON ALEXANDER, Manager<gai>

Ofis an <eng>NEW YORK<gai> aig 16 <eng>Exchange Place,
WM. GRAY<gai> agus <eng>H. B. WALKER, Agents.<gai>

Tha ceud is ceithir meur dhe'n Bhanca so air feadh Chanada is nan
Staidean Aonaichte, am measg am bheil an àireamh a leanas anns na
Roinnean Iochdrach.

<eng>HALIFAX, H. N. Wallace, Manager.
Amherst Antigonish Barrington
Bridgewater Canning Lockeport
Lunenburg Middleton New Glasgow
Parrsboro Sackville St. John
Shelburne Springhill Sydney
Truro Windsor<gai>

Gach seorsa gnothuch banca.
Ceannaichear is reicear airgid is notaichean Breatunnach.
Gheibhear Litrichean Creideas de 'm faodar feum a dheanamh ann an
cearna sam bith dhe 'n t-saoghal.

BANCA CAOMHNAIDH.

Tha Banca Caomhnaidh a nise fosgailt aig gach meur dhe 'n bhanca.
Gabhar suim sam bith air riadh, eadhon suim cho beag ri aon dolar.

Meur ann an Sidni.

<eng>P. C. STEVENSON, Manager.<gai>

ANNS AN STOR UR
LE STOC MOR DE DH
Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula
ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE
air Sraid Shearlot.
<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

[Dealbh]

Bidh fìor chomhfhurtachd agad 'nad dhachaidh nuair a bhios gach airneis us grinneas air a thaghadh le rian agus tuigse. Agus 's e 'n ceud ni is coir aire fhaotainn am brat-ùrlair a theid air na seomraichean. Gheibh thu againne

Brat-ùrlair is Airneis

dhe na seorsachan a's fhearr, agus gach ni eile air an cuir thu feum air son breaghachd do thaighe.

Cuir a dh' iarraidh Leabhraichean anns am bheil gach ni a tha sinn a creic air ainmeachadh. Paighidh sinn faradh do chearna sam bith de Cheap Breatunn.

<eng>Gordon & Keith, A. T. GRANT, Manager.

SYDNEY & LOUISBURG R'Y.<gai>

TIM CHLAR.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh' Iun, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 7.59 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.35 a. m.

A fagail Shidni aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 9.43 a. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 10.35 a. m.

A fagail Louisburg aig 5.30 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 6.21 p. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 7.00 p. m.

A fagail Shidni aig 8.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 9.30 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

Mac-Talla.

Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.

Bliadhna, \$1.00

Tri Miosan, .30

Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna.

Biodh gach litir is eile air a seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 33]

[Vol. 12. No. 5. p. 1]

MAC-TALLA.

“An ni nach cluinn mi an diugh cha ’n aithris mi maireach.”

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, SEPTEMBER 4, 1903. No. 5.

Cuiridh a’ chuid sin de ’m luchd-gabhail nach do phàidh pris na bliadhna so fhathast comain mhor oirnn ma ni iad an dleasan sin gun dàil. Tha cosdus a phaipeir a’ dol air adhart gach seachduin, agus cha bu chòir dhaibhsan a tha ga ’ghabhail a bhi cho dearmadach.

Tha fios á Breatunn ag radh gu bheil Morair Roberts ri sgrìob a thoirt a nall do Chanada air an ath mhios. Ma thig e, cuirear fàilte chridheil air. Cha robh ceannard airm aig Breatunn o chionn iomadh bliadhna air an robh na saighdearan a bha fodha cho measail ’s a tha iad air “Bobs,” agus tha àireamh nach beag dhiùsan a chog fodha ann an Canada. A bharrachd orra sin bidh an sluagh gu h-iomlan toileach esan a shàbhail Africa mu dheas do Bhreatuinn fhaicinn na’m measg.

O chionn beagan bhliadhnachan air ais tha creideamh ùr ga ’theagasg ann an caochladh chearnan de’n t-saoghal, ’s gu h-àraidh anns na Stàidean. Tha iad a dol fo’n ainm “na h-Ealanaich Chrìosduidh,” agus ’se ’s creud dhaibh nach eil ann an tinneas no ’n cràdh ach faoin bheachd na h-inntinn, agus nach eil aig neach ri dheanamh a chum e-fein a leigheas ach a chreidsinn gu bheil e slàn. Tha iad mar sin a’ cur dreuchd an lighiche á bith, agus iadsan a tha daingeann ’sa chreideamh cha teid iad gu lighiche air-son tinneis sam bith ach an déideadh-tha an eucail sin gu mi-fhortanach cho cràiteach ’s nach d’ fhuair aon de na h-Ealanaich riamh creideamh cho mor ’s a chuireadh casg air. Tha an creud, ged is faoin i, na creud chronail; tha iomadh bàs a tachairt na’m measg a dh’ fhaodte sheachnadh. Tha beagan dhiu air an cinn a thogail ann an Canada, ach tha chùis coltach nach soirbhich leo; cuiridh an lagh stad air cuid de’n cleachdaidhean. Bha duine aig cùirt ann an Ontario o chionn ghoirid a dhiùlt lighiche no cungaidh-leighis a thoirt gu ’mhac a bha tinn leis an amhaich ghoirt. Chaochail an gille, agus aig a chùirt so bha ’athair air fhaotainn ciontach de bhi coireach ri bhàs. Bidh e gun teagamh air a throm pheanasachadh, agus bu mhath gu’m bitheadh.

Tha an t-Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair, am breitheamh d’ an d’ thug sinn na litrichean a sgrìobhadh gu MAC-TALLA ’san dara ràidh de ’n bhliadhna, a’ cur fios ugainn gur iadsan a tha airidh air a’ cheud ’s air an dara duais a thairgeadh, “C. C.” agus “Peigidh Phabach.” Bidh na duaisean air an cur g’ an ionnsuidh gun dàil. Tha dùil

againn ri “Litir air na litrichean” a bhi anns an ath àireamh, anns an toir am breitheamh seachad a bharrail air saothair gach aon dhiùsan a bha ’sgriobhadh. Bidh an litir sin na cuideachadh mor dhaibh ma ghabhas iad na comhairlean a bhios innte mar is còir an gabhail. Is gann na sgrìobhadairean sin do nach bi sùil is barrail caraid gu tric na dheagh sgàthan. Bha da sgrìobhadair a chuir litrichean ugainn aig an àm ud nach robh air an cùntas an àireamh luchd-siridh nan duaisean, “Bodachan a’ Ghàraidh” agus Aonghas Mac Eanruig. Cha robh iad sin a sgrìobhadh air-son nan duaisean.

Is còir do luchd nan litrichean a bhi ’geurachadh nam peann a rithist. Tha romhainn trì duaisean eile thoirt seachad air-son nan trì litrichean a’s fhearr a theid a sgrìobhadh eadar so is ceann na bliadhna. Faodaidh gach aon da litir a sgrìobhadh, anns am bi eadar coig is ochd ceud facal an té. ’S iad na trì duaisean a bheirear seachad: “Caraid nan Gàidheal,” “Clàrsach an Doire” agus “Leabhar nan Cnoc.” Tha sinn an dòchas gu ’m feuch àireamh mhor air an son.

Tha aig Sir Tòmas Lipton ri dhol dhachaidh gun an Cupan aon uair eile. Cha d’rinn an t-Seamrag III na b’ fhear no eadhon cho math ris an da Sheamraig eile. Chaill i trì réisean, aon an deigh a cheile. Bha an réis mu dheireadh air a ruith an de. Areir seanchais nam paipeirean, tha Sir Tòmas a’ cur roimhe leigeil le cuideigin eile feuchainn ris a chupan a chosnadh a nis. Tha esan seachd sgith dheth. Tha e ri mholadh air-son nan oidhirpean a thug e, agus tha eadhon moran de na Geancaich duilich nach do shoirbhich na b’ fhearr leis. Tha e ro-choltach nach leigear a leas dùil a bhi ris a Chupan fhaicinn a’ dol thar a chuain an da latha so. Tha sgil aig na Geancaich air togail bhirlinnean nach do dh’ ionnsaich na Breatunnaich fhathast, air-neo cha’n eil e comasach birlinn a thogail a bhios làidir gu leòr gu tigh’nn troimh thonnann mora a chuain agus a bhios aig an àm cheudna luath gu leòr gu buaidh a thoirt air té aig nach bi ris an turus sin a dheanamh.

Cha’n eil coi-fhlaitheachd òg Australia an ceann eile ’n t-saoghail gun a trioblaidean fein. Riamh o’n chaidh roinnean na dùthcha sin aonadh ri cheile ’sa bhliadhna 1900 tha an Riaghladh Breatunnach a’ faotainn dragha ann an lionadh dreuchd an Ard-Riaghladair. B’e Morair Hopetoun a’ cheud fhear air ’n do bhuilicheadh an t-urram sin, agus car greise bha cùisean a’ dol air adhart gu ciatach, ach tràth ’sa bhliadhna 1902, leig am Morair an dreuchd uaithe. B’ ann a chionn nach robh a thuarasdal àrd gu leòr a rinn e sin. Cha ’n eil air a chur air leth air-son na dreuchd ach deich mìle punnd ’sa bhliadhna, agus tha esan ag radh na’n cumadh e suas inbhe na dreuchd mar bu chòir ’s mar tha dùil ri cumail nach b’ fhuilear dha air a chuid bu lugha deich mìle fichead. Bha ’m Morair ag radh cuideachd gu’n do gheall Riaghladh Australia barrachd tuarasdail dha ach nach do chum iad ri ’n gealladh. An deigh do Hopetoun, a tha nise na Mhorair Linlithgow, an dùthaich fhàgail, bha’n dreuchd falamh fad shia mìosan. Aig ceann na h-ùine sin dh’ aontaich Morair Tennyson a gabhail aon bhliadhna. Bidh a’ bhliadhna air ruith ann an Nobhember s’a tighinn, agus tha Morair Northcote ri àite ghabhail an uair sin. Feumaidh e bhith gur dùthaich chosdail a th’ ann an Australia. Ann an Canada cha’n eilear a pàidheadh do’n Ard-Riaghladair ach an aon

tuarasdal 's a thatar a pàidheadh an Australia, agus cha chualas gu'n do ghearain aon dhiùsan a bha san dreuchd nach bu leòir e. Tha iad a reir coltais comasach air pailteas bidh is aodaich a chumail riutha fein 's ri 'n teaghlaichean air leth-cheud mìle dolair 'sa bhliadhna.

Air an t-seachduin roimh 'n té s'a chaidh bha "Parlamaid luchd-malairt" na suidhe ann am Montreal. Bha iad cruinn as gach cearna dhe'n Iompaireachd Bhreatunnaich, mu choig ceud uile gu leir. Bha am Morair Strathcona aca mar cheann-suidhe, duine cho gleusda 's cho tuigseach 's a b' urrainn daibh a chur 'san dreuchd. B'i so a' cheud choinneamh a bh' aca riamh a mach á Lunnuinn. Tha a' "Phàrlamaid" so gle dheònach gu'm biodh an Iompaireachd air a tàthadh ri cheile na's teinne na tha i aig an àm so, agus tha a' mhor chuid dhiù ag aontachadh ri Chamberlain a thaobh na dòigh air an gabh sin toirt mu'n cuairt.

Chaochail Morair Salisbury air an dara la fichead dhe'n mhios a dh' fhalbh. Bha e tinn o chionn treis a dh' ùine air ais, agus na làithean mu dheireadh cha robh dùil ri e dh' fhaotainn thairis air. Rugadh e anns a' bhliadhna 1830. B'e dara mac a Mhorair Salisbury a bh' ann an uair sin, agus o nach b'e 'n t-oighre, b' fheadar dha dhol a chosnadh a bheòlaint fein. Nuair bha e na dhuin' òg chuir e beagan ùine seachad ann an New Zealand san Australia, agus thatar ag radh gu'n d' obraich e treis a dh' uine mar mhèinneadair cumanta. Air a thilleadh do Shasuinn rinneadh fear-pàrlamaid dheth. Phòs e an aghaidh toil 'athar, agus o sin a mach cha d' fhuair e cuideachadh sam bith uaithe. Ghabh e tigh dha fein ann an Lunnuinn, agus choisinn e theachd-an-tir a' sgrìobhadh air-son phaipeirean-naidheachd. Chaochail 'athair an 1868, agus fhuair esan an sin an tiodal 's an oighreachd. Bha a bhràthair bu shine air caochladh roimhe sin. Bha e na Phrìomh Mhinistear tri uairean. Leig e dheth an dreuchd an uiridh an déigh a bhi innte fad sheachd bliadhna.

Bha sgiorradh bàsmhor ann am méinn an Dominion No. 2, an <eng>Glace Bay<gai> an dé. Bha dithis dhaoine, Lachuinn Domhnullach agus Elias Bennett air am marbhadh, agus fear eile Seumas Bradbury air a leòin. Thachair an sgiorradh le tuba iarunn a dh' fhuasgladh on cheangal a bha ga tarruinn suas; thuit i o àirde trì fichead is coig troidhean deuga, 's bha na daoine so na'n seasamh foipe. Bha an Domhnullach air a ghrad mharbhadh, agus cha robh am fear eile beò ach ùine ghoirid. Bhuineadh an Domhnullach do Rathad Abhainn Dhennis. Bha e mu dheich bliadhna fichead a dh' aois. Bhuineadh an dithis eile do Newfoundland. Bha am fear a chaidh a mharbhadh air pòsadh mu cheithir mìosan air ais.

[TD 34]

[Vol. 12. No. 5. p. 2]

Mar a tha fios againn uile tha na Stàidean a' deanamh deas air-son sligh'-uisge a ghearradh tarsuinn Tairbeart Phanama. Tha iad a cheann 'n deigh gach còir a cheannach a bh' aig cuideachd Fhrangach

a chaidh ris an obair cheudna àireamh bhliadhnachan air ais, agus cha'n eil iad a nis ach a feitheamh ri cead fhaotainn o'n dùthaich bhig troimh 'm bheil an t-slighe ri bhi air a' gearradh. Faodaidh e bhith gu'm bi dàil air a chur anns a chead sin. Tha Colombia na dùthaich an-adhartaich, troimhe-cheile, agus trom anns na fiachan. Bha a chùis fa chomhair a pàrlamaid o chionn ghoirid agus chaidh aonta na dùthcha a dhiùltadh. Cha robh aobhar air sin a dheanamh ach nach robh buanachd mhor ri bhi aig Colombia anns a' ghnòthuch. Tha Columbia feumach air airgid 's air roinn mhor dheth, agus an uair a chi na Stàidean iomchuidh an t-suim cheart a thairgse, an uair sin cuiridh luchd-stàite Cholombia an aonta ri gearradh na sligh-uisge tarsuinn Tairbeart Phanama.

Bha taghadh ann an siorrachd Earraghaidheil, an Alba, air an t-seachduin so. Air-son fhaighinn a mach ciamar a bha a bharailean ùra a thaobh malairt Bhreatuinn ris na <eng>colonies<gai> a' còrdadh ris an dùthaich, thug Chamberlain air fhear-pàirtidh fhein a' cheist sin a chumail fa chomhair an t-sluagh aig àm an taghaidh. Agus 's e thachair gu'n do chaill am fear sin gu dona. Tha daoine a' creidsinn gu bi sin na bhuille do Chamberlain a nochdas dha nach eil an sluagh leis. Ach faodaidh e bhith gu robh cùisean eile fa chomhair sluaigh na siorrachd ud, air nach eil fios againne, agus a thug orra roghainn a dheanamh de dhuine bha cur an aghaidh Chamberlain. Cha'n aon siorrachd no da shiorrachd a chuireas a' chùis an dara taobh ach an dùthaich uile.

Bha ochdnar Bhoerach air bòrd soitheach-smùide a thainig gu Halifax an la roimhe á Bermuda. Bha iad sin is moran eile de'n co-lùchd-dùthcha air an toirt do Bhermuda an àm a chogaidh mar phriosanaich, agus cha'n fhaigheadh iad an saorsa gus am mionnaicheadh iad a bhi dìleas do Bhreatunn. Tha da bhliadhna 's ràidh o'n thugadh ann iad, agus sheas iad a mach gu ruige so. Tha leth-cheud eile nach do strìochd fhathast, agus a dh' fheumas fuireach far am bheil iad gus an dean iad mar rinn an ochdnar so-iad fein aideachadh na'n iochdarain do Bhreatuinn.

Tha an àrd-phàrlamaid gun sgaoileadh fhathast agus bithidh gu ceann mios eile. Tha bill no dha fa 'comhair a tha tarrauin moran ùine. Air bill an rathaid iaruin a tha 'n riaghladh air-son a chur tarsuinn an dùthaich, chaidh còrr is ceithir fichead òraid a liubhairt cheana, agus cha bhithear cuibhteas e gu ceann da sheachduin eile. Eadar sin 's gach ni eile tha ri chur a thaobh cha'n eil e ro-choltach gu'm bi a phàrlamaid air a sgaoileadh moran roimh mheadhoin October.

Bha seòladair d' am b' ainm Yetman air a thilgeadh le fear Woolard, sgiobair soithich air an robh e seòladh faisg air Newfoundland. Bha Woolard air fheuchainn aig cùirt ann an <eng>St. John's,<gai> agus air fhaotainn ciontach. Ged chaidh an seòladair a mharbhadh, cha deach esan fheuchainn air-son murt a chionn e bhi soilleir gu robh roinn de'n choire aig an fhear a chaidh a mharbhadh. B'e bhinn a thugadh a mach air an sgiobair a chur do'n tigh-obrach fad shia bliadhn' deug.

Chuir gille beag ann an Winnipeg maidse ri lòd feòir agus sgaoil an teine 's rinn e greim air tigh-deighe. Bha deich mìle tunna deighe air a thur mhilleadh, luach da fhichead mìle dolair.

Bha aon air fhichead sgiorrach leis 'n do chailleadh beatha dhaoine air ròidean-iaruinn Chanada re an da mhios dheug a chrìochnaich leis an la mu dheireadh dhe'n òg-mhios. Bha trì fichead is trì air am marbhadh anns na sgiorraidhean sin.

Fhuair corp fir Uilleam Urchadan anns an abhainn faisg air Fredericton, N. B. seachduin gus an Dior-daoin s'a chaidh. Bha an duine air chall fad choig latha roimhe sin, agus thatar a deanamh mach gu robh lamh aig cuid-eigin na bhàs. Tha triùir dhaoine air an glacadh air amharus gu'm b' iad a mhurt e.

An uiridh bha mu cheithir fichead mìle barailte de dh'ùbhlán air an cur air falbh á Nobha Scotia, bàrr Gleann Annapolis. Am bliadhna tha dùil ri ceithir no coig uiread sin a chur air falbh. Tha na h-ùbhlán moran na's pailte 's na's fhearr na bha iad o chionn fhada. Ann am Breatunn 's air tìr-mor na h-Eòrpa tha na h-ùbhlán gann air an fhoghar so, agus fàgaidh sin prìs mhath air ùbhlán na dùthcha so.

Chaidh àireamh mhor thuathanach is luchd-obrach do'n Iar-Thuath air an fhoghar so, cuid a dh' obair air a bhuaibh agus cuid a choimhead na dùthcha. Chaidh mu thri mìle ann as na Roinnean Iochdrach. Dhe'n àireamh sin bha dluth air trì cheud gu leth á Ceap Breatunn agus mu sheachd ceud á Eilein a Phrionnsa. Cha'n eil teagamh sam bith nach eil na Roinnean iar-thuathach ri fàs ann an tomhos mor air chosd nan Roinnean an ear.

Chaidh bean Bheniamin Lynds, tuathanach a tha fuireach air <eng>North River,<gai> faisg air Truro a mharbhadh seachduin gus an Di-mairt s'a chaidh le sgiorrach muladach. Bha a fear-pòsda a' glanadh gunna 's e deanamh deas gu dhol a shealg mathain a bha timchioll an àit aige. Bha urchair anns a ghunna, agus am feadh a bha esan ga 'làimhseachadh dh' fhalbh i as. Chaidh an urchair troimh 'n bhalla do sheòmar anns an robh a bhean ag obair; chaidh na peileirean na ceann 's am taobh a h-amhach, agus an ceann beagan uine bha i marbh.

Tha Peary a thug ionnsuidh no dha cheana air crann a tuath an t-saoghail a ruigheachd deònach feuchainn ris aon uair eile. Tha e dhe'n bharrail gu'n ruig cuid-eigin an t-àite reòta sin mu'n teid moran bhliadhnachan seachad, agus gu'm biodh e na 'mhasladh mor do na Stàidean leigeil le sgioba mhuinntir Chanada a ruigheachd an toiseach. Dh' fhaodte gu bheil Peary an dùil ma gheibh Geancach g'a ionnsuidh an toiseach gu'n toir sin còir dhligheach dha dhùthaich air; ach cha bhi chùis mar sin idir; buinidh an crann a tuath do na dùthchannan a tha crìochnachadh air, agus a reir sin bidh a chuid mhor dheth aig Ruisia 's aig Canada.

MU THIGHINN NA "POLLY."

AIR Di-màirt, an t-aonadh là deug de cheud mhios an Fhoghair, 1903, ceud bliadhna an déigh do 'n luing imrich ainmeil sin ris an cainteadh mar shuaicheantas am Polly, tighinn le àireamh mhor cheudan de na Gàidheil a dh' fhàg tìr an dùthchais 'sa thug an aghaidh air coille ghruamach America, agus goirid o'n spot air an d' thàinig iad air tìr ann am Belfast, mu thimchioll an do thuinich a chuid mhor dhiubh: air an latha dh' ainmicheadh chruinnich na bheil an diugh a làthair dhe 'n sliochd, le moran de choigrich 's de chàirdean agus luchd-eòlais, a bha air am meas mu thimchioll ceithir mìle, air an reidhlean lurach agus eireachdail sin os cionn laimhrig Hallady, far am bheil bàta na smùid eadar sin agus Baile Shearlot a ruith le luchd-turuis agus gach deisealachd a bhios a dhìth orra. Bha 'n latha sònraichte freagarrach, agus gu math tràth chiteadh eich is carbadan loma-lan le luchd a chruinneachaidh a tighinn air gach rathad; agus mar an ceudna da bhàta smùid le luchd de dh' uaislean á Baile Shearlot le rogha is tagha a phìobaire air an ceann. Bha pailteas de bhùird, agus neo-ar-thaing nach robh iad air an cùirneachadh leis gach seòrsa bidh ann am bùth mor a bha air a dheanamh air a shon, agus 'nuair a ghabh gach aon dhe na bha feumail dheth, thòisich prìomh obair an là. Chaidh an t-Urramach Maighstir Sinclair a chur na Cheann-suidhe anns a chathair, agus gu cinnteach 's ann dha fhein a thigeadh sin a dheanamh. Bithear ag radh nach teid cliù neach innseadh gus am faigh e bàs neo 'nuair a bhios e 'dol a phòsadh, ach 'se shaoileas mi fhein, 'nuair a tha duine airidh air cliù gu 'm bu chòir dha fhaotainn, beò no marbh. Ach a dh' aon fhacail, bha 'n co-chruinneachadh a bha ann an sud air an là ud ro airidh air cliù, airson cho ciùin, cho sìobhalta agus cho beusach 'sa ghiùlain iad iad-féin uile. Cha chualas guth mor no droch fhacal aig òg no aig sean. Iadsan a bha ri labhairt no ri seinn chaidh éisdeachd riutha uile le ro-aire agus gach modhalachd dligheach.

Bha air a chòmhnard a chaidh a chur suas airson an luchd-labhairt maille ris an Urramach Fear na Cathrach, an t-Onarach Mr. Mac an-t-Saoir, Riaghladair na dùthcha, a bhean agus a nighean, an t-Onarach Eachann Domhnullach, (Britheamh), an t-Onarach Aonghas A. Mac-Gilleain, D. A. Mac Fhionghain, ball Pàrlamaid an Tigh nan Cumantan, an t-Onarach Alasdair Màrtainn, a bha na bhall Pàrlamaid roimh 'n Onarach A. Peters (Prìomhair), agus caochladh de dhaoin'-uaisle eile.

B'e cheud fhear-labhairt am Britheamh Eachunn Domhnullach, a thug le òraid bhriagha am Polly a nall thar a chuain gu cala; agus sheinn Alasdair Mathanach á Gleann Uilleam òran math Gàilig a rinn fear dhe 'n luchd-imrich a thainig air a' Pholly. Labhair an sin an t Onarach A. A. Mac Gilleain air mar a bha na h-eilthirich a tighinn beò 'sa saoitreachadh an deigh dhaibh tighinn. Chaidh an sin gairm air Seumas A. Mac Gillemhaoil anns na h-Eileinean Coille, gus òran Gàilig ris an canar "a' Choille Ghruamach," a rinn am Bàrd Mac-Gilleain, air dha tighinn á tìr a dhùthchais. 'S e bàrd Tighearna Cholla a theirteadh ris thall. Ach co-dhiù bha e na òran cho fìrinneach agus cho eireachdail briathran ri òran a chaidh riamh a dheanamh, mar a tha deagh fhios aig na h-uile Gàidheal a leugh no

chual' e. Chaidh an sin gairm air Alasdair Màrtainn, a rinn òraid ghasda mu 'n t-suidheachadh anns an robh daoine an diugh le onair is dichìoll. Labhair an sin am Fear-riaghlaidh agus am Priomhair Peters agus dòrlach de dh' uaislean eile. Sheinn Tearlach C. Moireastan, <eng>Flat River,<gai> duanag do 'n Pholly. 'S e òran beag ùr a tha ann. Cha deachaidh e ann an clò fhathast, ach tha mi creidsinn gu 'm bi e ann am MAC-TALLA an ùine gun bhith fada.

Dh' fhaodainn tuilleadh a ràdh, ach tha eagal orm gu 'm bi mo litir tuilleadh is fada. Bu chòir dhomh a bhì air ainmeachadh gur e Pàdraig MacFhearhgais am pìobaire. Bha agus tha fios aig a h-uile duine gu bheil e gu math oirre. Mu 'n co-dhùin mi 's eigin dhomh innseadh gu bheil sùil aca a nise ri carn-cuimhne a chur suas faisg air an eaglais aig a chladh, anns am bheil na daoine còir agus cliùiteach a thainig a nall air an tiodhlacadh. Agus tha mi nise smaoineachadh gu 'm bu chòir do na bha làthair a bhì taingeil do 'n Ti a chuir latha cho briagha ann dhaibh, agus a chum slàn gun chiorram sam bith iad uile; agus mar an ceudna do 'n Diadhair Urramach a bha anns a Chathair, airson cho coimhlionta 'sa chriochnaich e gach dleasdanas a bh' air a chuir mu choinneamh. Sin cunntas cho fìrinneach 's a's urrainn mise a thoirt seachad.

SEUMAS A. MAC GILLEMHAOIL.
Eileinean Coille, E. P. I.

[TD 35]

[Vol. 12. No. 5. p. 3]

EOBHAIN BAN MAC AN T-SAIGHDEIR.

LE SEUMAS N. MAC FHIONGHAIN.

CAIB. XIII.

ANN AN CAS CRUAIDH 'S MAR A FHUAIR IAD COBHAIR-AN FHAILT AN CAINNT OISIAN-AIR AN RATHAD A RITHIST 'S MAR A THACHAIR.

CHA robh sealladh air na Breatunnaich shios no shuas; oir, anns an ùpraid a lean éubh nam Frangach, fhuair iad le neart lùthmhor nan gàirdean 's nan cas iad fhéin as gu sgiobalta. Leis cho fìor nimheil 'sa chaidh Frangach beag a sàs an Eobhain bàn, b' fheudar dha mu 'n d' fhuair e dealachadh ris a ghiùlan na ghlacaibh air falbh pìos leis far an d' fhuair e fhàgail ann an lòn. Chuir an ùpraid so na freiceadain uile na'm faireachadh, 's air do leth-dusan a bh' air gheard ar curaidhean fhaicinn na'n leum a' dol seachad dlùth dhaibh, loisg iad orra, 's gu mi-fhortanach chaidh an Caipitean còir Mac-a-Ghobha 'leòn, a tuiteam, gun osna, gun ghearain, mar thigeadh do shaighdear treun mar a bha e, ri taobh Eobhain. Thachair so ann ann an leòb arbhair a bha ga 'm falach, air do dh' Eobhain cromadh sìos ri taobh an ofigich chreuchdte.

"Eobhain thapaidh," ars' an curaidh treun, 'se gu cràiteach 's le

spàirn, air an daga anns an robh litir an àrd-chomann-dair agus am pasgan eile 'thoirt as a phòcaid, "gabh so 's na dean dàil is fàg mise ann an so 's na smaointich orm, oir tha mo réis air a ruith, 's cha 'n 'eil aithreachas orm—tuiteam an seirbhis mo rìgh 's mo dhùthcha. Ach O, mo bhean òg ghràdhach 's mo Lilidh bheag ghaoil-nach mi bhiodh aoibhneach na'm b'e ar n-aogais ghràidh an sealladh mu dheireadh a chitheadh mo shùilean mu 'n rachadh an sealladh gu dìlinn."

Thàinig na deòir an sùilean a Ghàidheil bhlàth-chridheach. "A Chaiptein uasail," ars' esan, "cha 'n fhaod sin a bhith! Far am bi beatha bidh dòchas. Cha 'n fhàg mise sibh mar sin 'n 'ur càs, gun stri chruaidh a dheanamh gus 'ur sàbhaladh."

"Na can an còrr, a sheirdsean!" ars' an t-ofigeach ann an guth fann. "An litir! an litir!—fàg mis—"

Dhùin a bhilean fuar mu 'n d' fhuair e na briathran a chriochnachadh; ach co-dhiù bha e marbh no ann an nial cha b' urrainn Eobhain a bhi cinnteach. Bha éubhach is rannsachadh na nàmhaid ri 'n cluinntinn air gach taobh ga 'n iarraidh, 's air do dh' Eobhain starram a chluinntinn dlùth dha, thog e 'cheann gu fàillidh os cionn an arbhair a dh' amharc, an dùil gu 'n robh na Frangaich air a mhuin. Le aoibhneas chunnaic e gu 'm b' e each diollaid a bh' ann, a chaill a mharcaiche an dìg no 'n toll 'san nàbachd, agus a bha nis gu socair, sòghail a deanamh a rathaid gu chompanaich, ag ithe an arbhair ghuirm, shùghmhor mar a bha e dol air adhart. Anns an dol seachad leum Eobhain bàn suas is rug e air shrein air, 's an ath mhionaid bha 'n t-ofigeach gun chli aige taobh na diollaid, 's a leum suas thionndaidh e aghaidh an eich an taobh eile 's chuir e na spuir ris cho cruaidh 'sa rachadh aig' air a dheanamh. Bha 'm fortan fàbharrach dha, oir dh' aithnich e air a cheud ghluasad gu 'm b' e each cumhachdach a bh' aige, 's bha shàth aige ri dheanamh an toiseach le aon laimh a chumail gun tilleadh thun a champa Fhrangach, ach an déigh a dhol pios air adhart thionndaidh e air frith-rathad, 's gu b' oil le gairdean làidir Eobhain, tharruinn e suas na chruaidh leum, 's an ùine gun a bhi fada ghabh e stigh geata beag a leum a mach as an dorchadas agus ghabh e gu stòlda gu dorus togail dhubh far an do sheas e 's rinn e sitir. Thòisich a dha no tri choin ri deileann air a laimh chli, 's thainig iad gu garg ga ionnsuidh, ach co luath 'sa thainig iad dlùth do 'n each sguir iad is thòisich iad ri mireag aoibhneach mu 'n cuairt dha. Leum Eobhain bàn gu làr, agus gu socair, mar mhàthair a laimhseachadh leanabh tinn, thog e an Caipcean gu làr. A cur a laimhe os cionn a chridhe thug e mor-thoileachadh dha fhaighinn gu fann, gu math fann a bualadh; ach thuig e mur faigheadh e fear-sgil a chuireadh stad air an fhuil a bha dòrtadh o lotan, nach robh mhionaidean air thalamh ach gearr-gu math gearr. Air dha a bhi mar so crom os cionn a charaid uasail, chual e còmhradh ealamh, subhach a nall ga ionnsuidh, 's a togail a chinn chunnaic e leth sheann duine air leth laimh agus currac dearg m'a cheann, a giulan soluis, agus cnapach gille mu dhusan bliadhna dh' aois agus nighean bhòidheach òg mu ochd no naoi bliadhn' deug na chuideachd. An uair a bha iad gu bhi aige dh' eirich e na sheasamh, 's ga fhaicinn ruith

an nighean òg ga ionnsuidh, 's leis an fhàilte, "O Jean, Jean!" chaith i a lamhan mu 'n cuairt air ga 'phògadh. An ath mhionaid leum i air falbh le sgriach eagail, 's i air a thuigsinn nach b' urrainn "Jean" fàs cho mor no cho garbh ris an fhear so, o'n a dh' fhàg e air éigneachadh do dh' arm Bhoni. Thainig a nis càch leis an t-solus, agus air dhaibh fhaicinn nach b'e 'n duine fhein a bh' aca, chaidh an subhachas a smàladh na'n aogais. Thòisich an seann duine air bruidhinn, ach b' fhasa le Eobhain druidean an Dùin a thuigsinn na chòmhradh. Labhair an Gàidheal ris ann am Beurla, ach cha d' fhuair e mar fhreagairt ach crathadh cinn, 's an sin dh' fheuch e cainnt a mhàthar, a' Ghàilig. Air do'n bhalach a chluinntinn ruith e air falbh le cabhaig mhoir, agus chrom athair le coltas truais is sheall e gu math leis an t-solus air an fhear a bha na shìneadh. A faighinn an lot thòisich e 'sa mhionaid le cuideachadh na h-ighinn is Eobhain air a chur air dòigh gu h-ealanta, a nochdadh nach b'e 'cheud uair dha a leithid a dheanamh. An uair a chunnaic iad gu 'm bu Bhreatunnaich ar curaidhean, cha b' urrainn dhaibh caoimheas gu leor no deagh-ghean a nochdadh dhaibh, ged a bha 'chaileag a' cumail a cinn car crom air tàille na fàilte 'chuir i air a Ghàidheal.

Thàinig a nis am balach is leth sheann bhoirionnach beag làidir maille ris, a réir choltais bean an taighe, ged nach fhac' an Gàidheal sealladh air dachaidh an teaghlach so fhathast. Ghabh i so le lamhan sgaoilte gu Eobhain, 's cha mhor nach do dh' fhàiltich i e mar a rinn a h-ighean. "Mo gaoil! gràdh!" ars' i so an droch Ghàilig. "Mo mhàthar-sa Gàilig-Gàilig mise cuidich! A balach gràdh! Gàilig sibhse!" Le ioghnadh is le toileachadh rug Eobhain air dha laimh a rithist air a bhana-Bhelgianach Ghaidhealaich so, agus tha eagal orm gu 'n do dh' fhàisg e iad na bu chruaidhe le dhealas na bha e 'n dùil.

Chaidh brat laidir fhaighinn air an do ghiùlaineadh an Caiptean thun an taighe, agus air an rathad dh' innis bean an taighe do dh' Eobhain ann an cothlamadh Gàilig is Frangeis mu chùisean. Ghabh iad gu nàdarra Eobhain an riochd Eoin a mac, oir b' ann dha a bhuineadh an t-each, agus bha 'n teaghlach còir fo mhor chùram a nis air dhaibh a thuigsinn mar a fhuair e e. Ach bha cabhag air ar caraid, agus cho luath 'sa chunnaic e an Caiptean an àite sàbhailte, an lamhan caoimheil, càirdeil, far an rachadh an t-sradag fhaoin a bh' ann fhathast de bheatha fhadadh suas, na 'n gabhadh e bhith, gu slàinte, dh' fhàg e slàn aca, 's air a stiùireadh pios an rathad le fear an taighe, ghabh e air adhart na aonar. Chaidh innse dha gu 'm faigheadh e air an rathad so thun a champa Phruiseanaich gun chunnart tuiteam an lamhan nam Frangach, cho sgapte 's gu 'n robh 'n sgiathan a sìneadh. Le each math fodha 'nis; oir fhuair e 'n t-each o'n duine chòir air-son a ghiùlan, agus ged nach robh e ro choltach gu 'm faiceadh e gu bràth e, bha fios aige nach biodh e 'n call. A dol air adhart na chruaidh leum, bha ar curaidh a smaointinn gu 'n robh gach gàbhadh seachad, 's e nis air tighinn gu math dlùth do 'n arm Phruiseanach, an uair a nochd mu fhichead saighdear Frangach, trupairean, air an rathad chumhang air thoiseach air, o chùl seann taigh mor fàs, aig an robh 'n darna ceann ris an rathad. Leis cho luath 'sa bha Eobhain a falbh bha e cho dlùth dhaibh mu 'm fac' e naimhdean, 's nach robh e comasach air tarruinn as an rib' a null no

nall; ach bha rathad fo chois 's a cheann-uidhe air thoiseach air 's an litir ri liubhairt, agus a bhàrr air a sin b' fhearr leis gu mor am bàs a ghlacadh o aghaidh, a cath, na o chùl, a teicheadh. "Stad!" Thuig Eobhain gu math an t-òrdugh geur, ged nach b' ann an Gàilig a thàinig e gu 'chluais, 's cha robh e fada deanamh suas inntinn dé 'n dòigh an gluaiseadh e e-fhéin na chàs. A réir choltais chual' iad e tighinn fada mu 'n do rainig e iad, is rinn iad deiseil air a shon, oir chaidh a nis tòrr mor de sprùilleach tioram dhe gach seorsa 'chur na theine taobh an rathaid, a fàgail a chuairteachaidh cho soilleir ris an latha. Thug an Gàidheal ma b' fhior e fhein suas dhaibh gun stri, agus an uair a chunnaic a naimhdean so chuir a chuid bu mhò dhe 'n bhuidheann sios na h-airm is tharruinn iad beagan o chéile air son e liubhairt a chuid airm 's gach ni eile bh' aige maille ri shaorsa dh' an chomandair bheag a bha gu stàiteil air meadhain an rathaid ga 'fheitheamh. Ga 'chruinneachadh fhein, air chor 's gu 'n saoilleadh e le aotramas gu falbhadh e air iteig, chrom e sios is chuir e na spuir gheura 'san each, a toirt air leum air adhart le leithid de neart 's gu 'n do chaith e each an ofigich Fhrangaich dh' an dìg, 's mar a bheithir, 's iad a tuiteam le boil roimhe 's air gach taobh dheth, bha e seachad is aghaidh air a' champa Phruiseanach. Le iolach, bha iad na dhéigh na 'n cruaidh leum, is dh' fhairich ar curaidh fead barrachd is aon pheileir a dol seachad air a cheann. O'n bha 'n t-each aige air a chlaoidh roimhe so, bha dithis no triuir de na Frangaich a tarruinn dlùth 's an dràsda 's a rithist a losgadh air. Dh' fhairich e feòil an eich air chrith ri chasan, 's a leum air adhart le cràdh thuit e air a ghlùin. Le tarruinn chruaidh o'n t-sréin bha 'bhrùid bhochd dhìleas air a chois, 's le spàirn chaidh e ciad slat eile air adhart far an do thuit e marbh. Is gann a fhuair an Gàidheal saor o'n diollaid an uair a bha na Frangaich gu bhi aige; ach 'san àm chualas fuaim air thoiseach, 's ag amharc chunnaic Eobhain bàn, 's a nis i air tòiseachadh ri soilleireachadh, buidhean làidir thrupairean gu bhi aige. Thug na Frangaich mu 'n cuairt, 's an ath mhionaid bha e air a chuairteachadh le pàirt dhe 'n bhuidhinn ùir, agus càch a ruag nam Frangach. Cha tuigeadh Eobhain an cainnt, ach dh' aithnich e gu 'm bu Phruiseanaich iad, agus air dha an litir a shealltainn dhaibh, thug fear dhiubh dha each is dh' fhalbh iad leis le mor urram thun an àrd-chomandair, a chuir tuilleadh urram air, agus a thug dha 'san dealachadh cuimhneachan luachmhor. An déigh biadh a ghabhail na bu ghrinne na chunnaic e riamh roimhe, chuir Eobhain aghaidh air a chàirdean fhein air rathad ùr, agus each meanmnach Gearmailteach ga 'ghiùlan. Cha robh 'ni fortan na fhàbhar cho math air an turus so. Mar a thuit e 'n lamhan nam Frangach 's mar fhuair e as, fàgaidh sinn an aithris gu caibideal eile.

(Ri leantuinn.)

[TD 36]

[Vol. 12. No. 5. p. 4]

TEOIDHIDH FEUIL RI FINE.

SAN àm a dh' fhalbh, ma dh' fhaodte nach robh rian anns an rohh Gaidheil na h-Alba cho comharraichte do choigrich, 's a bha iad 'n an spèis 's 'n an dilseachd d' an Daoine fein; agus air an là diugh, ged tha, am measg iomadh Creidimh 'us Cleachduin a tha 'drughadh a stigh do na Glinn, suaraichead mu'n Daoine air faotainn aite 'n am measg nach b' aithne d' an Aithrichean, tha 'n ceum-toisich aca fathast 's an rathad so air luchd-aiteachaidh Bhreatuinn. Cluinnear gu minic am feart so 'g a mheas mar Chliu dhuinn, no 'g a thilgeadh mar Athais oirnn. Molar 'us cainear sinn air a sgàth. Tha Sean-fhocail a tha 'g a chur an ceill air aon doigh no doigh eile ro lionmhor; ach cha'n 'eil aon Sean-fhocal againn a tha 'g aithris na firinn 'n a lan-fharsuingeachd, oir tha iomadh taobh oirre, agus thug ar n-Aithrichean deagh aire do gach taobh. Tha 'n Cairdeas Gaidhealach 'n a ni tha do-thuigsinn do'n Ghall. Cha 'n 'eil sinne cho ullamh 's a tha na Goill, 's cha robh na Sean Daoine cho ullamh 's a tha sinne, gu Caraid a' radh ri Fear-eolais. 'S ann fìor ainmig a theireadh ar n-Aithrichean Caraid ach ri aon d' am fuil fein. Ach leanaidh sinne ar Cairdeas-fola moran na's faide na ni na Goill; agus tha doighean againn air Cairdeas a dheanamh suas, agus tha dleasdanas a' leantainn an lorg ar Cairdeis, air a' bheil iadsan tur aineolach.

A rèir nan Sean-fhocal, tha ceathrar dhoighean ann a tha gu h-àraid a' cur an ceill daimh dhaoine d'a cheile,-Co-dhaltas, Cairdeas, Cleamhnas, Coimhearsnachd. B'e cheud cheum 's a chairdeas Co-dhaltas. Air thoiseach air a' mhac a rugadh o'n aon bhroinn, thigeadh am mac a dheothail an aon chioch: "Co-dhaltas gu ceud, 'us Cairdeas gu fichead;" "An Co-dhalta nach dearbh àite, 's mairg a dh' airich duine riamh;" "'S caomh le fear a Charaid, ach 's e smior a chridhe a Cho-dhalta." B'e 'n ath cheum clann na h-aon Mhathar. B'e fuil na Mathar a bu tiugha na fuil an Athar: "Is blath anail na Mathar;" Is sleamhuin an laogh a shlìgeas a Mhathair;" Cha 'n abair mi mo Bhrathair, ach ris a' mhac a rug mo Mhathair." Mu leanamh air dhroch-càramh theirteadh, "Cha b' ann an uchd a Mhathar a bha e." Cha robh fuachd 'us cion tluis na Muime air di-chuimhne; 's cha robh truas ri ghabhail d'i: "Cha 'n iochd leam cnead mo leas Mhathar." As deigh clann na h-aon Mhathar, bha 'n Teaghlach, Cairdean a reir an dluths', 's an Fhine: "Is miann le triubhas bhi measg aodaich; is miann leam fein bhi measg mo dhaoine;" "Teoidhidh Feoil ri Fine." Bha Caraid do Charaid air a mheas mar do Charaid fein: "Mur e Bran, 's e 'Bhrathair." Cha robh ar n-Aithrichean, a reir coslais, a' meas Cairdeas-posda ro dhluth. Theirteadh gun teagamh, "Cleamhnas am fogas, 'us Goisteachd am fad;" ach 'n a aghaidh so, tha 'n triuir Shean-fhocal a leanas: "Is fuar comunn an ath Chleamhnais;" "Cha dean mi da Chliamhain do'm aon nighinn;" Is fuar don' Chleamhna." Mu na Coimhearsnaich theirteadh: "Is fearr Coimhearsnach am fogas na Brathair fad' às."

Is snathainn tri-chaiste an Cairdeas Gaidhealach; agus is dluth a tha e air fhigheadh ann an Eachdraidh ar duthcha. Cha tuig coigrich a neart, agus ma dh' fhaodte gu bheil a chumhachd thairis air caithe-beatha ar n-Aithrichean do-thuigsinn dhuinn fein. Feudaidh sinn na duail aireamh, 's an spionnadh fa leth a dhearbhadh; ach cha bhi againn, 'n a dheigh so uile, ach beachd lag, faoin mu neart a'

cheangail a bha eadar ar n-Aithrichean 's an Daoine. Am measg an Daoine fein, 's 'n an dachaidh fein, bha iad laidir, misneachail: "Is dàna duine 'n a chuil fein;" "'S ard ceann an fheidh 's a' chreachann;" "Is dàna cù air òtraich fein;" "Is bean tighe an luchag 'n a tigh fein;" "Is binn gach eun 'n a dhoire fein." Air an aineol, 's 'n an aonar, bha iad lag, fann, meata: "Is diomhain gach cas air thìr gun eolas;" "Mar bho mhaoil am buaile choimhich;" "Mar fhear air carn;" "Cha 'n fhiach duine 'n a aonar;" "Is fuar leaba gun choi-leabach." Agus ma thiunnas sinn o na Sean-fhocail gus na Baird, gheibh sinn a' chliu cheudna air ar Luchd-duthcha;—àrd-mhisneach an uair tha iad am measg an Daoine,—an-earbsa an uair tha iad sgarte' uapa:

"Duisg solas an talla nan stuadh,
Thill rìgh nam buadh le shluagh gu thir,"

chi thu anam a' Bhaird a' lasadh 'n a rann; ach thig smal air gnuis Chuchulhin an uair tha fear a dheis-laimh a' dhith air:

"An d' fhag thu mi, Fhearghuis bu chorr,
'S an sruth mor so 'tional ri 'm thaobh; "

agus cha nàr le Rìgh Mhorbheinn na deoir a shileadh aig uaigh
Ghuill:

"Leig Fionn a thaice ri giuthas aosd'
A leag a' ghaoth, aig ceann mhic Morna;
'N a dhuala liath bha dheoir am falach,
A's ula geal an sranna na sine:
'S a laoich feara na Feinne,
An d' fhag thu mise leam fein am aois.'"

Agus cha 'n 'eil neach a chunnaic, 'n ar latha fein, an sealladh tiamhaidh sin, imrich as a' Ghaidhealtachd do dhuthaich chein, nach faca iomadh curaidh treun,

"A dh' fhuiling gailleann nan speur
Air cuan beucach nan geur fhras,"

's a choinnich, gun taiseachadh, "Bàs 'n a mhìle cruth," a' fàsgadh nan dorn, ri caoineadh, 's ri bas-bhualadh, an uair a bha e 'gabhail a chead deireannach d'a Dhaoine 's d'a Dhachaidh.

Co bhuaite tha 'm feart no 'n fhailinn so 'n ar Luchd-duthcha ag eirigh? A' bheil an speis d' an Daoine, an earbsa asda, 's an dilseachd dhoibh, a' ruith 's an fhuil, mar rian a bhuineas do na Gaidheil mar Shluagh; no 'n rian e a gheibhear, ann an tomhas neo-chumanta, fìor mu Ghaidheil na h-Alba a mhain? Cha 'n 'eil mi smuaineachadh gu'n dearbh Eachdraidh an t-Saoghail gur rian so, air son a' bheil na Gaidheal comharraichte mar Chinneadh; ged tha e comasach gu leoir gu'm biodh a leithid de rian a' ruith 's an fhuil. Gheibhear gun teagamh cuid de theaghlàichean gach Cinneadh a nochdas a' bhuaidh so os cionn cuid eile, agus feudaidh e bhith os cionn cuid de theaghlàichean a' Ghaidheil; air chor 's nach gabh e

dearbhadh gu bheil sinn mar Shluagh dealaichte o Chinnich eile anns an rathad so. Ann an tomhas tha gradh d'a Dhaoine 's d'a Chairdean nadurra do'n duine. Am measg nan Creutairean chi sinn gradh agus iochd d'an Sliochd 's d' am Parantan, a naraicheadh moran d' ar luchd-eolais, air a nochdadh. "Ma's geal, ma's dubh, no ma's donn, is toigh leis a' ghabhar a meann." Ach, am measg nan Creutairean, saoilidh mi nach leanar an Cairdeas a bheag 'n as faide na bho Pharantan gu cloinn. Mu na Creutairean tha e gu sonruichte fìor, gu'n teid Eolas thar a' Chairdeis. 'N a oige 's 'n a aois tha 'n duine na's feumaile air cuideachadh na creutair sam bith; rè a bheatha tha 'shonas 's a thruaighe na's mo an crochadh r'a Cho-chreutairean; agus a thuilleadh air so, do bhrìgh 's gu bheil inntinn na's farsuinge, tha 'bheachd mu 'dhleasdanas dhoibhsan a bhuineas d'a a' sgaoileadh a mach na's leatha 's na's faide. Tha mi meas gu bheil cumhachd Naduir a' stad an so. Ach far a' bheil Nadur a' stad, tha Eachdruidh 'us Cleachduin a' toiseachadh; agus anns a' cheum so, feudar da-rìreamh "dara nadur" a' radh riu,—seadh dara nadur a chithear iomadh uair na's treise na 'cheud nadur. Agus is coir a chuimhneachadh an uair a tha Cleachduin a' gleidheadh a h-aite ré mhorain ghinealach am measg sluaigh, gu bheil brìgh na Cleachduin a' faighinn greim 's an nadur no 's an fhuil; 's gu'm feudar le firinn a' radh, gu bheil a Chleachduin nadurra do'n t-sluagh. Cha saoil mi gu'n ruigear a leas dol a rannsachadh air son rian sam bith 's an fhuil Ghaidhealaich o thus, a chum an speis neo-chumanta a tha Gaidheil na h-Alba a' nochdadh d' an Daoine fein a thuigsinn. Tha cor naa Gaidheal 's an Rìoghachd o chionn ochd ceud bliadhna lan-chomasach air a' bhuaidh so 'n ar Luchd-duthcha a mhineachadh dhuinn.

O linn Chaluim a' Chinn Mhoir feudar a' radh gu bheil an cumhachd Gaidhealach a' dol an laigead an Albainn. Iomadh bliadhna roimhe sin, bha moran de'n chuid a bu toraiche de'n fhearann an lamhan nan Gall; agus cha b' iadsan riabh a leigeadh às d'an deoin ni air am faigheadh iad greim. Ri linn Chaluim ghlac Coigrich leis an laimh laidir Rìoghachd Shasuinn; agus bha 'n t-oighre dligheach 'n a fhogarrach. Phos Calum a' Chinn Mhoir Mairi read piuthar oighre Shasuinn, agus lean moran de uaislean Shasuinn a Bhan-rìgh do Albainn. Thug iad Canain 'us Creidimh 'us Cleachduin an duthcha fein leo d' an dachaidh ùir. Cha robh tuilleadh ach beag meas air Canain 'us Creidimh nan Gaidheal aig cuirt an Rìgh. Chaidh mar so a' Chrìoch Ghaidhealach atharrachadh na b' fhaide Tuath 's an Iar; agus riamh o'n latha sin, uigh air uigh, 's ann a' dol a' Tuath 's an Iar a tha i, 's a reir coltais a bhitheas i, gus an ruig i 'n Cuan. Bha na Goill seolta, misneachail, treun; agus o'n àm so, bha cothrom an là aca. Chunnacas uair 'us uair bhuaithe sin iad fein 's na Gaidheil guala ri guala, air iomadh àr-fhaich, a' seasamh còir Albainn an aghaidh ain-thighearnais Shasuinn, 'us còir Bhreatainn an aghaidh ain-tighearnais na Frainge; ach cha 'n eil teagamh nach eil, o'n àm ud, an dà shluagh buailteach do bhi 'g amharc le suil chlaon, amhurusach air cach a cheile, agus nach faodadh na Gaidheil iomadh uair le reusan a radh, "Is fuar gaoith nan Coimheach."

Ach an uair a bha mar so aobhar cumhachdach o'n leth a muigh aig na Gaidheil air son a bhi seasamh a cheile mar Chinneadh; dh' eirich

aobhar moran na bu chumhachdaiche 'n am measg fein air son a bhi seasamh a cheile mar Fhine. Sheachnadh na h-uaislean Gaidhealach cuirt an Rìgh; ach cha seachnadh iad cuid an Coimhearsnaich. 'N an Glinn iomallach cha ruigeadh Lagh orra; agus thainig gach Ceann-Cinnidh gu bhi 'n a Lagh dha fein 's d'a luchd-leanmhuinn. Cha b'e Ceart ach Neart aig an robh an lamh-an-uachdar. An uair a b'e Comhairlean nach bu toigh leo, air an toirt seachad an Canain a bu bheag orra, a bha riaghladh na Rìoghachd, sguir na h-uaislean Gaidhealach a thathaich na Cuirt cho tric 's a bu choir dhoibh; agus cha b' fheairrde iad fein, an Daoine, no 'n Duthaich an dearmad so. Dh' fhas gach aon 'n a Rìgh thairis air na bheireadh umhlachd dha. Gun teagamh cheangail an Caithe-beatha so an Ceann-Cinnidh 's an Fhine r'a cheile; agus thug e brìgh d' ar Sean-fhocail nach tuigear an àite eile. "Teoidhidh Feoil ri Fine;" "Is fada cobhair o mhnaoi 's a muinntir an Eirinn;" "Is fada 'n eigh a Loch-A, agus cobhair o Chlann O' Duibhne;" "Cha do threig Fionn riamh caraid a laimh dheis." Creididh mi nach robh am modh-riaghlaidh so air a chleachdadh an àite eile air doigh a b' usa ghiulan na bha e 's a Ghaidhealtachd; agus tha mi dearbhta gu bheil gus an là diugh iomadh deadh bheus cumanta 'n ar measg, a tha sruthadh o'n

[TD 37]

[Vol. 12. No. 5. p. 5]

cheangal dhluth à bha eadar an Ceann-Cinnidh 's a Dhaoine, 'san àm a dh' fhalbh; ach 's mor m'eagal gu bheil iomadh rian nach leir do'n t-suil, aig a' bheil aite domhain, bunaiteach 'n ar Nadur a dh' fheudtadh a' lorgachadh gu riaghladh nan Ceann-Cinnidh; riaghladh a tha freagarrach air son cloinne, ach d' a' bheil e suarach do Dhaoine Saor geilleadh; riaghladh nach do ghleidh àite fada an tìr sam bith gun a thoradh amhuidh fhagail 'n a dheigh; riaghladh a sheas ceudan bliadhna tuilleadh is fada an Gaidhealtachd na h-Alba, 's a chuidich na Gaidheil fhagail iomadh ginealach air deireadh air Cinnich eile nach 'eil na's airde buaidhean na iad fein.

Cha 'n 'eil teagamh nach do chuidich gnè na Tìre, 'us caithe-beatha an t-Sluaigh an ceangal eadar na Sean Daoine anns a' Ghaidhealtachd a theannachadh. Tha e air aideachadh air gach laimh gu'n do chuidich greadhnachas an Tìre-na Beanntan arda, na Glinn uaigneach, na Coilltean dosrach, 's an Linne bhruailleineach-ardachadh-inntinn a ghintinn am measg an t-sluaigh, a dhearbhas air smuain 's ar canain gus an là diugh. Ach cha b' ann mar Bhana-mhaighstir-sgoil a dh' amhairceadh air n-Aithrichean mar bu trice air am Beanntan, an Glinn, 's an Lochan; cha b' ann, ach mar dhuilean aig an robh gun teagamh buaidh laidir thairis air an Smuain 's air an Creidimh, ach gu h-araid a bha 'g an ceangal dluth ri cheile mar Choimhearsnaich. Bha luchd-aiteachaidh nan Gleann 's nan Eilean sgarte' o'n t-Saoghal mu'n cuairt doibh; agus do bhrìgh sin bha gach baile 'n a shaoghal dha fein. Agus bha bochdainn na Tìre a' cuideachadh an ceangal eadar na Sean-daoine a neartachadh. A chum lòn a sholar d'an teaghlachan b' eigin comuinn a dheanamh suas, agus cunnairt a ruith nach tuigear gu ro mhaith an diugh. Agus tha fios againn uile gur e co-chomunn

ann an cunnart an gad is righne 's an Eolas. "Is toigh leinn, 's an àm ri teachd, a bhi deanamh luaidh air na cunnairt a ruith sinn comhla'" arsa 'm Bard Romanach. Agus cha 'n fhaighear 'n ar latha-ne Companaich cho dluth ri Saighdearan 'us Seoladairean.

Bha mar so iomadh ni an Eachdraidh nan Gaidheal an Albainn a bha 'cuideachadh firinn an t-Sean fhocail a neartachadh. Cha 'n 'eil teagamh nach robh agus nach 'eil cumhachd mor aig an fhaireachduin thairis air ar Caithe-beatha,—anns a mhor chuid, gun amharus, air son maith. Ach cha 'n 'eil teagasg an t-sean-fhocail an comhnuidh a chum fìor leas an t-sluaigh. Is cliuiteach an teisteanas air Sluagh gu bheil iad gaolach mu'n Daoine fein; ach 's iomadh ni cliuiteach ann fein, a ghabhas a bhi air oibreachadh gu aimhleas an aite leas sluaigh. 'Se mo bharaill gu'n do thachair so, ann an tomhas, 's a Ghaidhealtachd mu thimchioll firinn an t-Sean-fhocail so. Cha d' fhuirich sinn air ar n-each mor,—chaidh sinn thairis air. Cha 'n 'eil teagamh nach 'eil Cuingeachd-intinn, Leth-bhreith, is Claon-bhaigh a' leantainn an lorg an teagaisg, an uair a bheir thu leithid do gheill dha, 's gu 'n seas thu do charaid—an coir no 'n eu-coir. A thuilleadh air so, ma chumas an ceangal r'ar Daoine sinn an comhnuidh f'an comhair, tha a' bhuaidh cronail dhuinn. Chunnaic mi o cheann beagan bhliadhnachan aig aiseag leth-oireach mu Thuath, dà sheana ghille nach rachadh trì mìle o'n dachaidh air eagal 's gu'm basaicheadh an athair mu'n tilleadh iad. Cha robh an t-athair na bu tinne na bha e ré dheich bliadhna roimhe sin. Is caomh, blath an spiorad so; ach cha d' ardaich a leithid so de spiorad cliu sluaigh, agus cha'n ardaich. Bha na gillean ud gun teagamh ni bu treise gairdean na Nelson; ach cha bu mhor a b' fheairrde an saoghal sin, agus cha bu mhor, ma dh' fhaodte, a b' fheairrde an athair e. Saoilidh mi gu'm bu choir dhuinn air uairean a chuimhneachadh gu'm feud amannan a bhi ann am beatha an duine an uair is e 'dhleasdanas leigeadh "leis na mairbh am mairbh fein adhlacadh."

Ach ged tha e comasach dhuinn cuid de dhoighoan fhaotainn a mach anns am feud ro-speis d'ar Daoine a bhi 'n aghaidh ar leas saoghalta, gu sonruichte ann an duthaich iomallach, neo-thorach mar tha 'Ghaidhealtachd; cha 'n 'eil na doighean so ach beag, faoin ann an coimeas ri neart na buaidh air son ar fìor leas anns gach àm, agus ann an coimeas ris a' chiu a choisinn a' bhuaidh dhuinn 's an àm a dh' fhalbh. 'S ann o'n bhuaidh, ann an tomhas mor, a tha 'g eirigh ar n-uaill 'n ar Sinnsearachd; agus a dh' aindeoin gach caineadh a ni a' Chleir air uaill, tha mi meas gu bheil an dlu-cheangal ris a' bhuaidh so na Cleachduinean is cliuitiche a bhineas duinn. Cha 'n 'eil neach a leugh a bheag de Eachdraidh nan Daoine a b' urramaiche d' ar Cinneadh, mar bha Daibhidh Mac-a-Leighe, nach faca an cumhachd a bh' aig Eisimpleir mhaith an Aithrichean thairis air an deanadas. Cha 'n 'e suil an t-Saighdeir a mhain a lasas an uair a chluinneas e an earail: "Cuimhnich air na Daoine o'n d' thainig thu." Bhiodh e duilich, am measg gach cothrom a th' againne air son ar crannchur 's an t-saoghal ardachadh, a choisinn gleustachd agus seirc ar n-Aithrichean dhuinn, na 'n cailleamaid sealladh air an aon bhuaidh is luachmhoire, ma dh' fhaodte, a thiodhlaic iad dhuinn,—Meas, agus Speis, agus Dilseachd d' ar Daoine fein. Tha suaraichead mu'n Daoine, marbh 'us beo, agus mu'n Dachaidh

a' faighinn greim na's dainge air Inntinnean nan Og an Albainn bho là gu là; agus feudaidh e bhith nach 'eil a' Ghaidhealtachd air leth air a chorr de'n Rìoghachd anns a' cheum so. Is duilich mur 'eil. 'S e mo bheachd gu'm biodh spèis ar n-Aithrichean d' an Daoine 'n a phris ro-dhaor ri phaigheadh air son gach sochair nach 'eil aca 'cheana a ghuidheamaid d' ar Luchd-duthcha.

D. M'K.

ISEABAIL NIC-SHIMIDH.

<eng>(Wilson's Tales of the Borders.)<gai>

Chaidh an sgeul a leanas innse dhomh 's mi air chuairt ann an siorrachd Dhumfries, 'sa bhliadhna 1827, leis an t-seana bhean chòir mu'm bheil i air a h-aithris. Rinn an sgeul drùghadh mor orm aig an àm agus feuchaidh mi nise ri innse mar a dh' innis i-fein dhòmhs' e. Ach o nach eil cinnt agam nach eil i fhathast beò atharraichidh mi 'n t-ainm, ged thug i làn chead dhomh an sgeul a sgrìobhadh na'm faicinn fein iomchuidh. Bheir mi iomradh oirre air an aobhar sin, fo'n ainm Iseabail Nic-Shimidh.

Bha m' athair, ars' ise, air a dheagh dhòigh anns an t-saoghal. Bha fearann aige a' crìochnachadh air an abhainn Nith, eadar Dumfries agus Sanquhar. Bha e-fein 's an t-uachdaran na'n companaich o'n bha iad na 'm balaich bheaga, agus b' fheaird esan sin agus rinn e dòrlach math airgid. Bha e car mor as a chuid beartais, ach ged a bha fhéin, bha e na 'athair caoibhneil. Bu bhean á measg deich mìle mo mhàthair-dh' fhaodadh sibh deich sgìreachdan a shiubhal gun a leithid eil' fhaighinn-dh' aidicheadh m' athair sin; agus bu chòir dha fios a bhi aige, oir bha i na mnaoi aige deich bliadhna fichead. Cha'n fhaca mi riamh o'n la a rugadh mi bean bu chiùine 's a b' fhearr nàdar; agus gun bhi 'n dòigh air bith spìocach, bha i cho gnìomhach 's cho gléidhteach 's a bha i deagh-nàdarach. Agus cuide ri sin uile bha i anabarrach bòidheach. Cha robh de chloinn aca beò ach aon bhràthair a bha na bu shine na nise agus mì-fhein, agus bha sinn air an aobhar sin gle mheasail aig ar pàrantan, 's gu h-àraidh aig ar màthair. Bha daoine creidsinn gu'n tigeadh fortan na m' chois-sa dh' ionnsuidh an fhir a gheibheadh mi; agus air dhomh fàs suas gu aois pòsaidh bha grunn de ghillean òga a' gabhail orra bhi gle mheasail orm; ach air mo shonsa dheth cha robh meas sam bith agam air gin dhiu ach a h-aon, agus b'e sin Pàdrùig Mac-Shimidh. Bha e na 'ghille car nàrach, agus cha b' ann uaithe fein a bha fios agam gu robh gaol aig orm; ach bhiodh na h-eòlaich ga thilgeadh orm, agus ag radh, "Iseabail, mur gabh thu truas ri Padruig Mac-Shimidh, ni an gille bochd cron air fhein. Tha e gu bhi glan as a rian mu do dheidhinn."

"Sguiribh dhe'r cuid magaireachd," arsa mise,—“cha'n eil curam sam bith dha. Cha do bhruidhinn a cheart ghille riumsa riamh.”

Agus cinnteach gu leòr bha sin fìor, cha do labhair e riamh rium. Ach bhithinn a' toirt fa-near cho saidealta 's a bhiodh e nuair a

thachramaid ri cheile, mar a shealladh e air fhiaradh orm 's a chuireadh e car na cheann mar gu'm biodh e air-son amharc taobh eile, agus tha cuimhn' agam gu robh m' inntinn-sa 'sa cheart suidheachadh; agus sin uile a chionn na h-eòlaich a bhi ga 'thilgeadh orm. Agus anns an eaglais air an t-Sàbaid, bu tric a thug mi 'n aire dha agus sùil aig orm; agus nuair a thuigeadh e gu robh mi ga 'fhaicinn thogadh e 'shùil dhìom 's dh' fhàsadh 'aodann cho dearg ris a mhorocco a bha cuibhrigeadh Biobuill an uachdarain.

Bha athair Phàdrùig na thuathanach mar bha m' athair fhein, agus bha sinn co-ionann 'san dòigh sin; ach bha esan a' cur roimhe bhi na shaor-mhuilnean, agus bha e 'g ionnsachadh na ceairde sin ann an Dumfries. Aon latha bha sin, bha mise 'sa bhaile a' deanamh beagan ceannachd do m' mhàthair; ach dìreach nuair bha mi ullamh, thòisich stoirm uamhasach; shìl an t-uisge na 'dheàrrsaich-cha'n fhaca mise leithid de thuil riamh. Cha robh na fasnadain ach gann ri 'm faicinn 'san àm ud, agus cha bu duine 'sa choig ceud aig an robh aon. Cha robh luchd-eòlais agamsa 'sa bhaile, agus b' fheudar dhomh feitheamh 'sa bhùth 'san robh mi 'ceannachd. Ach dh' fheith mi o cheithir uairean feasgar gu ochd uairean a dh' oidhche, agus bha'n t-uisge cho trom 'sa bha e riamh-cha robh choltas air gu'n stadadh e idir. Bha e nise fàs dorcha, bha 'n t-eagal orm a dhol dhachaidh leam fhein 'san oidhche, agus chunnaic mi nach robh e chum feum sam bith dhomh feitheamh na b' fhaide-mar sin dh' fhàg mi a bhùth; ach mu'n deacha mi trì slatan o'n dorus co bhuaill annam, 's a cheann crom a' dol an aghaidh na stoirme, ach Pàdrùig Mac-Shimidh!

"O, gabh mo leisgeul, Iseabail," ars' esan, nuair a chunnaic e có bh' ann.

"Cha leig thu leas do leisgeul a ghabhail," arsa mise, "cha d' rinn thu cron sam bith."

"Cha'n eil agad ri dhol dhachaidh a leithid so de dh' oidhche?" ars' esan.

"Gu dearbh, 's ann agam a tha," arsa mise.

"Ma ta," ars' esan, "ma theid thu stigh dh' an bhùth 's ma dh' fheitheas tu mionaid no dha gheibh mise iasad fasnadain."

Smaointich mi gu robh e fuasach caoibhneil dha sin a dheanamh, agus chaidh e air ais do'n bhùth. Cha robh e air falbh ach mionaid no dha nuair a thainig e air ais na ruith 's am fasnadan aige na laimh. Chaidh mi dh' ionnsuidh an doruis cho luath 's a chunnaic mi e, agus thog esan am fasnadan as mo chionn agus shin e ghàirdein dhomh. Cha 'n urrainn dhomh m' fhaireachduinean aig an àm sin a chur an géill. Chaidh an t-uisge 's gach ni eile as mo chuimhne, agus 's ann

[TD 38]

[Vol. 12. No. 5. p. 6]

tha ioghnadh orm nach do thuit an t-achlasan bathair a cheannaich mi do m' mhàthair air an làr. Ach rinn mi greim air ghàirdean air agus choisich sinn air falbh—agus eadar mi-fhin 's thu fhein bha mi toilichte e bhi còmhla rium air-son aobhar no dha.

Cha do shaoil leam riamh roimhe gu robh fasnagan na ni cho fìor chomhartail. Chum e ar cinn cho tioram 's ged bhiodh a ghrian a' dearrsadh oirnn. Air an làr cha robh 'n t-side cho fìor mhath, oir bha 'n t-uisge 'ruith na uillt tarsuinn an rathad, agus bha agamsa an caochladh àiteachan ri dhol fodha dh' ionnsuidh nan glùinean an uisge 's am poll no leigeil le Pàdrùig mo thogail na uchd 's mo ghiùlain thairis; rud a rinn e, ged bha strì gu leòr na m' inntinnsa mu'n do leig mi leis a dheanamh.

Ach rainig mi dhachaidh, agus bha Pàdrùig cho diùid 's gu'n do shin e làmh dhomh a ghabhail beannachd leam gun uiread 's a dhol a stigh còmhla rium.

"O," arsa mise, "cha'n fhaod thu falbh mar sin—nuair a chluinneas mo mhàthair cho caoibhneil 's a bha thu, na'm biodh fhios aice gu'n do leig mi leat tilleadh air falbh aig an dorus gun chuireadh a' thoirt dhut tighinn a stigh, bhiodh i gle dhiombach dhìom."

Thug mi air mar sin a dhol a stigh còmhla rium, agus nuair a dh' innis mi do m' mhàthair cho furachail 's a bha e orm, agus mar a ghabh e 'm fasnagan an iasad air mo shon, 's a thainig e h-uile ceum dhe'n rathad dhachaidh leam, cha robh fhios aice ciod a theireadh no dheanadh i. Cha robh ni fo dhruim an taighe tuilleadh is math air a shon. Thog i air a chòta, 's a bhrògan 's a stocainnean a chur dheth, agus thug i dha aodach is caiseart tioram le m' bhràthair gus e ga'n cur uime. Tha cuimhn' agam nach robh m' athair aig an tigh—ma's math mo bheachd bha e 'n Dunéideann aig an àm. Cha'n fhòghnadh le m' mhàthair ach Pàdrùig a dh' fhuireach ri shuipeir; rinn e sin, agus thòisich e ri gabhail misnich 's ri faighinn feuma d'a theanga. Chuireadh an t-suipeir air a' bhòrd, agus ghabh e deagh bhiadh, agus bu mhise bha toilichte sin fhaicinn.

Dìreach nuair bha e air a chasan gu falbh, thionndaidh mo mhàthair a cùlaobh car tacain, agus arsa 'es an riumsa 's e cur na h-aide mu'n cuairt na 'laimh—"Slàn leat, Iseabail—cuin a dh' fhaodas mi tighinn a rithist?"

"Ud, bi samhach!" arsa mise, gun bhi toirt fa-near gu dé bha mi 'g radh, agus gun mi smaoineachadh air bacail dha tighinn a rithist. Chrom esan a cheann, agus le osna dh' fhalbh e gun uiread is aon fhacal eile a radh. Ach thainig oidhch' an deigh oidhche, agus seachduin an deigh seachduin gun mise dh' fhaicinn sealladh de Phàdrùig Mac-Shimidh; cha robh de mhisnich aige na thigeadh a rithist, ged nach robh toil sam bith agamsa a chumail air falbh nuair a thuir mi ris a bhi samhach.

Mu thri mìosan an deigh so bha mo mhàthair air a grad bhualadh le tinneas agus thugadh air falbh i. Ni bha nàdara gu leòir, bha mise air mo chur na h-àite a chumail an taighe. Nise, bha muileann-

gaoithe againn air an àite, agus bha rudeigin cearr oirre, agus bha saoir-mhuilnean ri tighinn as a bhaile ga 'cur ceart, agus fhad 's a bhiodh iad ris an obair bhiodh aca ri 'm biadh a ghabhail 'san tigh. Bha mise 'n dóchas gu'm biodh Pàdrraig air aon dhiu, agus cinnteach gu leòr bha e sin. Chuir sinn mar sin eòlas air càch a cheile rithist. A lion beagan is beagan leig Pàdrraig dheth a bhi cho fìor dhiùid 's a bha e, agus fad bliadhna gu leith cha chreid mi gu robh da oidhche 'san t-seachdain nach d' thàinig e ga m' choimhead. Bha sinn gle shona le cheile. Bha meas aigesan ormsa, agus bha meas agamsa airsan. Ach chuir 'athair e do'n àirde deas fad bliadhna no dha gu dithis dhaoine mora ris an canadh iad Mr. Bolton agus Mr. Watt, air-son gu'm biodh a cheaird aige gu math 's gu ro-mhath mu'n tòisich e air a laimh fein. Ach mo chreach! ge b'e dé na fhuair e dh' ionnsachadh mu chuibhlichean 's mu mhuilnean 's mu innealan, fhuair e ionnsachadh gu leòr an am mi-bheus 's an droch-bheairt.

An uair a bha Pàdrraig 'san àirde deas, phòs m' athair an dara bean, rud a bha mise smaoinichadh nach robh toirt urram ceart do chuimhne mo mhàthar, agus chuir e dorran mor orm. B' ann dh' am fìor aindeoin a thug mi seachad iuchraichean an taighe do bhana-choigrich nach robh moran na bu shine na mi-fein, agus a leig mi leatha m' àite ghabhail mar bhean-an-taighe. Cha robh toil agam a bhi fo a riaghladh idir, ach thuirt m' athair gu feumainn a bhi ann air-neo an tigh fhàgail-agus gu dé b' urrainn dhòmhsa dheanamh. Ach bha fadachd mhor orm ri tilleadh Phàdrraig, ged nach biodh ann ach gu'm biodh agam tigh dhomh fhein far am faodainn deanamh mar a thograinn gun bhi cànrann ri té eile.

Ach thainig Pàdrraig mu dheireadh dhachaidh, agus ma thainig, bu mhor an t-atharrachadh a bh' air tighinn air, agus cha b' ann chum an fheobhais. Bha e moran na bu spaideile na bha e mu'n d' fhalbh e, agus cha'n eil fhios agam cait àn d' fhàg e dhiùideachd; ach cha do lean dad dheth ris a' tighinn dhachaidh. Bha a chainnt air a h-atharrachadh gu mor, agus rud a chuir mulad agus oillt orm bha e làn de ghriosad 's de mhionnan!-agus e mar nach biodh e 'toirt fa-near ciod a bha e 'g radh. Agus tha mi-fhein a' smaoinichadh nach eil ni ann a dh' fhàgas duine cho truailleidh 's cho beag diù ris a chleachdadh pheacach, gun tìr sin. Tha e na's suaraiche na'n drongaireachd. Cha'n aithne dhomh ni cho fìor olc ris. Ach feumaidh mi so a radh air a shon, nach robh choltas air gu 'n d' fhuaraich a ghràdh dhòmhsa ann an dòigh sam bith; agus chuir mi romham, cho luath 's a bhitheamaid pòsda, gu'n toirinn air na droch cleachdaidhean a dh' ionnsuich e a leigeil seachad.

Ach bu mhor mo mhulad is m' ioghnadh nuair thug mi iomradh air a' phòsadh ri m' athair. Bu cho math dhut greim a dheanamh air ceann nathrach is feuchainn ri thoirt gu aontachadh. Bha e calg-dhìreach na 'aghaidh.

"Cha'n fhaigh, cha'n fhaigh," ars' esan; "cha'n fhaigh thu m' aontasa gu bràth. Na 'n leiginn leat an spalpair gun ghràs ud a phòsadh rachadh e troi 'n mhile punnd a tha thu gus fhaotainn mar thochradh, agus bhristeadh e do chridhe cuideachd, mu'n ruitheadh da mhios dheug." Cha robh feum sam bith ann a bhi 'caoineadh fa

chomhair 's a' feuchainn ri reusonachadh ris. Bu cho math dhomh mo dheòir a shileadh air a chloich-mhuilinn iochdaraich an dùil ri 'taiseachadh. Ach bhòidich Pàdrùig gu robh esan coma co-dhiù dhe m' athair 's dhe'n tochradh-bu mhise bha e 'g iarraidh, agus mise bhiodh aige. A dheanamh sgeul goirid dheth, nuair a fhuair sinn nach robh math a bhi strì ri m' athair, 's nach toireadh e 'aonta dhuinn air chor sam bith, bhriag Pàdrùig mise gu teicheadh leis. Bha mo chogais ag innse dhomh nach robh mi deanamh ni ceart, agus gu'm biodh aithreachas orm air a shon. Ach a reir a chòrdaidh a rinn sinn thainig Pàdrùig gu uinneag mo sheòmar agus an deigh beagan dàil a dheanamh dh' fhosgail mis' i agus chuir e suas fàradh rithe, am fàradh bu neònaiche chunnaic mi riamh-air a dheanamh air ròpan beaga air an ceangal eadar da mhaide. An deigh dhòmhsa a cheangal ris an uinneig dhìrich Pàdrùig a nuas air agus ghiùlain e sios mise 's bha sinn air an làr ann an tiotadh.

Bha aon de sheirbhisich 'athair a' feitheamh astar beag o'n tigh, an ceann eich air an robh diollaid a chumadh dithis. Chaidh mis air cùlaobh Phàdrùig, agus mharcaich sinn air falbh cho luath 's a dheanadh casan an eich e. An latha sin fhein phòs sinn. Chuala mi nach d' thug m' athair, nuair a dh' innseadh dha 'sa maduinn gu'n do theich mi, iomradh sam bith air cur as mo dheigh, ach gu'n do chrath e cheann gu muladach, ag radh, "A' chaileag bhochd! mur seall i roimhpe seallaidh i na 'deigh. Bheir am bròn gu faireachadh i, agus chi i 'n latha 'sam buidhe leatha tilleadh dh' ionnsuidh an taighe ris 'n do chuir i cùl 'san dòigh so. Ach thigeadh i nuair is àill leatha, air sgàth a màthar nach maireann, gheibh i an so dachaidh."

Thuirt e so nuair nach robh a bhean ga éisdeachd. Bha mi riamh a' creidsinn gu robh tomhas de'n fhàidheadaireachd ann am briathran phàrantan, gu h-àraidh nuair a labhras iad mu eas-umhlachd cloinne; agus na m' chàs fhein fhuair mi gu'n d' thàinig moran dhe na thuirt m' athair aig an àm ud gu crìch.

Bha Padruig, co-dhiù, a' deanamh gnothuich air a laimh fein, agus thòisich sinn gun dàil ri cumail taighe. Bha obair gu math pailt aig an àm; bha na muilnean-bualaidh a' fas cumanta, ged bha moran de mhuinntir ghòrach a' togail an guth gu làidir na'n aghaidh. Bha Pàdrùig, a thaobh a bhi cho eòlach air Mr. Bolton 's air Mr. Watt, a faighinn roinn mhath dhe'n obair agus da bhliadhna 'n dheigh dha tòiseachadh air a laimh fein bha coig saoir dheug aige a bharrachd air àireamh a bha 'g ionnsachadh. Bha Pàdrùig na dhuine tapaidh, agus bha 'n aon sgeul aig na h-uile d'a thaobh, gu robh e deanadach, adhartach. Chaidh ceithir bliadhna seachad oirnn, agus fad nan ceithir bliadhna sin tha mi creidsinn nach robh bean bu shona na mi-fhein ri faotainn air fad no air leud an t-saoghail. Bha da phàisde òg againn, gille agus nighean. Bha mi air Pàdrùig a bhristeadh cho math de na droch cleachdaidhean a dh' ionnsaich e 'san àirde deas 's nach tigeadh mionnan as uair sam bith ach nuair bhiodh fìor dhroch fhearg air; agus ged bha sin a tachairt na bu trice na bu mhiann leamsa-oir bha nàdar gle chorrach aige-cha b' fhada mhaireadh e, agus bhiodh e daonnan duilich na 'dheigh. Chuala m' athair uiread mu 'dheagh ghiùlain 's mu thapachd, agus mu cho caoibhneil 's a bha e riumsa 's ris a chloinn 's gu'n d' thàinig e aon latha choimhead

oirnn, agus an deigh dha a leisgeul fhein a ghabhail air-son a bhi feargach ruinn mu ar pòsadh, chàirich e mo thochradh-sa, mile punnd airgid, sios air a bhòrd dhuinn.

Mhair an sonas 's an toileachas-inntinn sin ma ta ceithir bliadhna 's còrr, ach cha do mhair e gu deireadh na coigeamh bliadhna. Bha obair aig Pàdrùig an àit-eigin faisg air Durham nach biodh ullamh gu ceann bliadhna. Bha na saoir uile ach fear no dha aig an obair sin, agus Pàdrùig fhein air an ceann. Cha robh e ri tighinn dhachaidh ach uair 'sa mhios; agus a' cheud da mhios a bha e air falbh bha e gle chuimhneach air sgrìobhadh na h-uile seachduin, agus thàinig e ga rn' choimhead fhein 's na cloinne tri uairean. Ach air an naodhamh seachduin cha d' thàinig litir idir, no air aon de na tri seachduinean an deigh sin. B' ann air an treas seachduin deug a fhuair mi an ath litir. Cha robh innte ach tri no ceithir de sreathan uile gu leir, agus cha robh a bhriathran idir cho caoibhneil no cho gràdhach 's a bha iad anns na litrichean eile. Cha d' thug e iomradh air ni ach gu robh e slàn, 's gu robh e 'n dòchas gu'm bithinn caomhnach air gach ni fhad 's a bhiodh esan air falbh, agus nach b' urrainn dha a ràdh cuin a bhiodh na 'chomas tigh'nn g' ar coimhead a rithist. Cha mhor nach do chaill mi mo mhothachadh-leugh mi an litir a rithist agus a rithist, agus mar a leugh mi shil na deòir gu frasach le mo ghruaidhean. "Gu dé air an t-saoghal mhor," arsa mise rium fhein, "a thàinig air Padruig?"

(Ri leantuinn.)

[TD 39]

[Vol. 12. No. 5. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>

FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA.<gai>
CORPAICHTE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:
<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.
<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha BANCA-CAOMHNAIDH ann anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3%'sa bhliadhna.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

[Dealbh]
A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE
dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

Bathar Cruaidh
Tuaghannan

Saibh
Locraichean
Glaskan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.

M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

CHaidh GRUAIM NAN SIANNTAN A CHADAL.

LE UILLEAM MAC-DHUNLEIBHE.

Chaidh gruaim nan sianntan a chadal,
'S tha fèath air talamh 's air cuan,
'S chaisg gaoth fhuaraidh na gaillinn
Gu sìth a h-anail o thuath.
Tha neoil shoilleir na h-iarmailt
A sgaoileadh cian air an cuairt,
'S a pògadh gathan na gréine
'Chuir blàths a chéitein a nuas.

Thainig fosgladh nam blàithean,
'S tha lusan àillidh nan raon
Ag éideadh dìthreabh nam beann
Is sraithean ghleann air gach taobh.
Tha bheo chruitheachd na 'maise,
'S buair air faichean le 'n laoigh,
'S gach tulach uain' air a chòmhdach
Le breachnaich neoinein fo bhraon.

Rugadh Uilleam Mac-a-Leith, no Mac-Dhunléibhe mar theireadh e ris fein, ann an eilein Ile an 1808. Chaochail e an 1870. Bha moran de dh-ionnsachadh 's de dh-fhiosrachadh aige. 'S e bàrd fìor chomasach

a bha ann.

MARBHRANN DO SHIR IAIN MAC-GRIOGAIR.

LE GILLEASBUIG CAIMBEUL.

'S ann air Diciadaoin thain' an sgeul
A dh' fhàg na ceudan cianail;
An t-aon là deug de mhios a chéitein
Dh' eug am fear bu mhiann leinn.
Bha tuireadh bròin air aois is oig'
A ghabh gne eolais riamh ort.
Bhon dhùin am bàs do chaomh-shùil tlàth,
Tha iad gach là fo iargain.

Is ann air Eileinean na h-Oigh'
A fhuair thu còir mar riaghlair,
O Bhan-rìgh Bhreatuinn le lan deoin
Gu t' ordagh 'chur an gnìomh ann.
Ach 's gearr an ùin' a mhair thu beò;
Chnìr Rìgh na glòir' ga t' iarraidh,
'S ann aige fein a b' fhearr bha coir
Air spiorad mor na fialachd.

Is e Sir Iain 'tha mi luaidh,
An gallan uasal fìor ghlan.
'S e fath mo bhroin gu 'n d' fhalbh thu bhuainn
A null thar chuantan fiadhaich.
'S ann air Di-luain chaidh chreubh bha fuar
A chur 'san uaigh le ciadan,
An dùthaich aineoil fada bhuainn
An ciste luaidh' gu dìonach.

Chaidh iomradh air do bhàs an cein
Air fad 's air leud na Crìosdachd.
Gur h-iomadh suil 'bha sìleadh dheur
Nuair than' an sgeul gu 'n d' chrìoch thu;
Do chàirdean fein 's do chlann gu leir
Ri tuireadh geur ga t' iargainn;
Is d' fhìor bhean chomuinn agus ghaoil
Gu dubhach, caoineach, cianail.

Bha ciuchran truagh am measg do thuath'
Mar uain an deidh an dioladh;
Na deoir a tuiteam sìos le 'n gruaidh
Is osnaich chruaidh ga 'm pianadh.
On than' an sgeul thu bhì 'san uaigh,
'S nach d' fhuair iad thu ri thiodhlac',
Tha sìod mar shaighdean geur 'nam feoil
A cur am broin am miadachd.

O, 's beag an t-ioghnadh leam air dhoigh
Ged tha am bròn ga 'n léireadh,

'S a mhiad 's a phairtich thu le d' ghràdh
Ri tuath, ri daimh, is feumnaich.
Air truaghan riamh cha d' rinn thu tàir,
Cha b' e do nàdar fein e,
Ach iochd is gràdh o chridhe tlàth
Nach dug bonn graidh do 'n eucoir.

'S ann than' am buille drùiteach, trom,
A dh' fhag ar fonn neo-eibhinn.
An t-aon chrann uain' a b' aille snuadh
Ri gathaibh buan na greine,
Do thilgeadh sìos o 'bhonn gu luath,—
Ceann-feadhn' air sluagh 'bha treubhach.
'S ged tha na fiurain og' a fàs,
Tha sinn fo chràdh mu 'dheibhinn.

'S e 'n ròs a's traithe 'thig fo bhlàth
Gu tric a's tràithe 'chrionas;
'S e 'n t-ubhall àillidh 's fearr 'sa ghàrradh
'S tràithe 'theid a spionadh.
'S e gaoth a Mhàirt a dhochainn tràth
An crùn a's àille fiamhachd;
'S e reodh a cheitein 'sgath a bhlàth
De 'n fhlùran àluinn chiatach.

Rugadh Gillesbuig Caimbeul an Ionarchadainn am Bunraineach 'sa bhliadhna 1804. Chuir e am mach a chuid oran ann an leabhar 'sa bhliadhna 1851.

CUMHA LACHAINN MHOIR DHUBHAIRT.

LE UILLEAM MAC-DHUNLEIBHE.

'Fhir mhoir an do leagadh thu
Gu h-iosal,
Gun anail 's tu dìblidh,
Fo 'n fhòid, fo 'n fhòid,
Ad shìneadh.
Sgal, pìob, sgal pìob,
Nach éisd thu, nach éisd thu,
Na 's mò, na 's mò.
Nuair a thogar fir Alba
Gu feara ghniomh, gu feara ghniomh,
'S gun thusa le d' rìgh, le d' rìgh,
'S gun thusa le d' rìgh,
'S gun thu beò, 's gun thu beò,
Bithidh na Leathanaich threun,
'S ceann-catha nan Ileach
Fo bhròn, fo bhròn,
O nach dig thu mar b' àbhaist,
Gu àros Rìgh Seumas, Rìgh Seumas,
'S gun do thogadh leis féin thu,
'S tu òg, 's tu òg.

Cha 'n fhacas o d' latha air talamh
Na h-Eòrpa, na h-Eòrpa,
Air talamh na h-Eòrpa,
Fear eile do shamhuil. Do shamhuil,
'Fhir àillidh, fhir àillidh,
Cha d' fhàgadh ad dhéidh dhuinn,
Ad dhéidh dhuinn, ad dhéidh dhuinn
On a rinneadh do d' chreubh
Caisil-chrò, caisil-chrò,
On a rinneadh do d' chreubh
Caisil-chrò.
Fhuaradh do chlàidheabh ad ghlaic,
Le gréim bàsmhor, gréim bàsmhor,
'S cha 'n fheil fear ann
'San àl so, 'san àl so,
A's urrainn a làmhadh,
Fo 'n t-sròl, fo 'n t-sròl.
Togar do chumha le Muile,
'S le Ile, 's le Ile;
Le urram a dh' ìnnsear
Do chòir, do chòir,
Le urram a dh' ìnnsear
Do chòir.

OGANAICH AN ÒR-FHUILT BHUIDHE

LE FIONNAGHAL NIC-EACHARN.

LUINNEAG.

'Oganaich an òr-fhuilt bhuidhe,
Leat a chinneadh sealg is sithionn;
'S ann ad ghruaidh a bhiodh an rudhadh,
Nuair a bhiodh tu 'siubhal bheann.

Nuair a dhìreadh tu na stùcan,
Leis a ghumna chaol nach diùltadh,
'S i do luaidhe ghorm is t' fhùdar
Chuireadh smùid air feadh nan gleann.

Dhomhsa b' aithne cuid de t' àbhaist,
Ged nach innis mi ach pàirt deth;-
Iasg a linne 's fiadh o'n àruinn
Nuair a thàirneadh cach an t-srann.

'Oganaich an òr-fhuilt shnìomhain
Dh' fhag thu sac 'tha trom air m' ìinntinn;
Is mur till thu 'nall do 'n tìr so,
Mo thoil-ìinntinn bidh air chall.

'S léir o'n bhlàth a th' air mo ghruaidh-sa,
Gun dug mi dhuit gaol nach fuaraich;
Dh' innis iad gun dug thu fuath dhomh,
Ach cha chreidinn, 'luaidh, an cainnt.

Nam biodh cùisean mar bu mhath leam,
Bhiodh tu 'd bhàillidh air an fhearann,
Còir agad o laimh Mhic-Cailein,
'S cha bhiodh m' earransa dhi gann.

[TD 40]

[Vol. 12. No. 5. p. 8]

Ged a bhithinn ann an iarainn
Fhad 's bu bheò mi ga mo phianadh,
Cha leiginn do ghaol air diochuimhn';
So a bhliadhna 'liath mo cheann.

Rugadh Fionnaghal Nic-Eacharn an Calagaraidh am Muile, ach is ann a mhuinntir Thiriodh a bha 'h-athair 's a màthair. Dh' fhàs i a suas ann an Calagaraidh. Chaidh i as a sin do Lagan-Ulbha, agus a Lagan-Ulbha do Sgorrabreac 'san eilein Sgitheanach. Bha oganach an òr-fhuilt bhuidhe na gheamair. Bha e a suiridhe air Fionnaghal agus gheall e a pòsadh, ach chuir e cùl rithe. Phòs e te eile, agus chaidh e thar chuantan. Nach b' e 'n t-amadan truagh e nach do ghabh gu bhith na mnaoi is na màthair cloinne dha té aig an robh comasan inntinn 'Fhionnaghail? Rinn Fionnaghal oran dha an déidh dha pòsadh, ach cha 'n fhaca mi dheth ach an da rann so:—

Gur a mise th' air mo sgaradh,
Liuthad oidhch' rinn thu mo mhealladh,
'G innse gum bu mhi do leannan,
'S nach biodh bean agad ach mi.

Gur a mise th' air mo léireadh,
Anns a mhadainn an àm éirigh,
Te eile pòsda riut, eudail,
'S do ghealladh breugach dhomh fhìn.

TUIREADH AIR SON A MHNATHA.

LE AONGHUS DOMHNALLACH.

Cha deid mi tuilleadh 'shealg an fhéidh,
Cha ruig mi 'bheinn a dh' ianach;
Theid bochd na céir ghil bhuam na leum,
Cha dean mi feum le tialadh.
Air coileach géig cha chuir mi éis,
'S cha dean mi beud air liath-chirc;
Tha 'n t-sealg gu léir o m' luaidhe réidh
Chuir bàs mo chéile sian oirr'.

Bha mais' is ceutaidh 'm bean mo rùin,
Bha sgèimh na gnùis le suairceas,
Mo ghaol an t-sùil bu bhlàth 's bu chiùin,

Gur dùint' an nochd 'san uaigh i;
Ged bha mi ciùrrte 'cur na h-ùir' ort,
Tha e dlùth 's gach uair dhomh
Gu bheil thu beò an tir na glòir',
'S tu seinn an òrain bhuadhmaoir.

Tha thus' an nis aig fois 'san uaigh,
'S tha mise truagh gu leòir dheth!
Gach là is uair a call mo shnuaidh,
A smuaintinn ort an còmhnuidh,
Ged dh'fhalbh thu bhuam gu d' dhachaidh bhuaibh,
Bidh mis' a luaidh ri m' bheò ort;
'S cha dig gu bràth ach Rìgh nan gràs
'Ni suas a bhearna dhòmhsa.

Cha'n ioghnadh dhomh ged bhidhinn ciùrrt,
Gun d' chaill mi m' iùl, 's b'e 'm beud e;
Ceann bu tùrail, tuigs' làn cùraim,
'Dheanadh cùis a réiteach'.
Cha 'n fhaicteadh smùirnein air do ghnùis ghil
Leis an t-sùil bu ghéire,
Ged bhiodh do chrannchur, mar nach b' ainmig,
Tuilleadh 's searbh ri 'leughadh.

O, Thus' a shiabas diar a bhròin,
'Bheir sòlas do luchd-iargainn,
A Lighich' mhoir 'ni 'n cridhe leòint'
A chur air dhòigh mar 's miann leat,
Dean mis' a threòrach ma 'sa deòin leat
Anns an ròd gu t' iarraidh,
'S am faigh mi 'null thar bharr nan tonn,
Far an deach sonn nan ciad chath.

O, tuirling Thus', a Spioraid Naoimh,
A theachdair chaoimh an t-sòlais,
Is taom gu saor a cuan a ghaoil
'Tha 'n cridh' 'n Fhir-shaoraidh ghlòirmhoir,
Na bheir dhomh saorsa bho gach daors'
A th' ann an saogh'l a bhròin so,
'S am faigh mi buaidh, tre fhuil an Uain,
Air peacadh, truaigh', is dòruinn.

Rugadh Aonghus Domhnallach ann an Gleann-Urchadain 'sa bhliadhna 1804. Bu mhac e do dh-Iain Domhnallach a bha comhnuidh am Bunlevit, agus a bha na 'mhaighstir-sgoile agus na cheistear. Fhuair e roinn mhath de dh-ionnsachadh, agus bha moran de dh-fhiosrachadh aige. B' àbhaist da a bhith cumail sgoil-sheinn. Bha e na bhàrd comasach. Chaochail e an 1874. Bu choir da luchd-dùthcha a dhàin a chur am mach. Tha iad tuilleadh is math gu 'm fàgail an cùil.

Iadsan a Phaigh.

Domhnull Mac Neacail, <eng>Ladysmith, B. C.<gai>

An t-Urr. Donn. Mac Leoid, <eng>Milan, Que.<gai>
Pàdrùig Mac Iomhair, Tolsta, Que.
Alasdair Dughlach, <eng>High View, Assa.<gai>
Dr. D. H. Domhnullach, <eng>Welsford, N. B.<gai>
Eachunn Mac Fhionghain, <eng>Priceville, Ont.<gai>
Deorsa Mac Lathardaidh, <eng>Guthrie, Ont.<gai>
An t-Urr. I. Mac-an-Tòisich, <eng>Hopewell, N.S.<gai>
Alasdair Mann, Halifacs, N.S.
An t-Onarach U. Mac Gillebhràth, Denver
Caitriona Chamaran, <eng>Brownfield, Me.<gai>
A. R. Domhnullach, <eng>Albany, N. Y.<gai>
Dr. Uisdean Mac Neill, <eng>Chicago, Ills.<gai>
D. I. Mac Eachairn, <eng>Port Hastings<gai>
Eobhain Gillios, Braigh Mhargaree
Alasdair Ros, Abhainn Dhennis
D. R. Boyle, Arichat an Iar
Ioseph A. Domhnullach, Cùl Bhaoghasdail
Eobhain Mac Leoid, Gabarus
Tormad Mac Leoid, Sidni
Uilleam Buchanan, Sidni
Iain A MacGillemhaoil, Braigh Ghrand Mira

FHUAIR E AINM DHI.

Thachair Dùghall aon la air Gilleasbuig, fear nach fhac' e o chionn treis a dh' ùine air ais. "'Illeasbuig, a sheòid," ars esan, "càite 'n robh thu ga d' chumail fein o chionn fhada?" "Ubh, ùbh," arsa Gilleasbuig, "an cuala tu idir gu robh mi na m' laidhe tinn leis an influenza?" "Cha chuala, gu deimhinn, mis' iomradh air do thinneas gu so. An influenza-agus gu dé 'n seòrsa tinneis a tha 'n sin?" "Tha e car doirbh dhomh sin innse dhut," arsa Gilleasbuig; "ach an déigh dhut tòiseachadh ri dhol am feobhas bidh tu ga t' fhaireachadh fein anabarrach leisg-cha 'n iarr thu ach gann cuirean a dheanamh fad fin-fuaineach an latha." "A dhuine chridhe," arsa Dùghall, "nach eil sin neònach. Tha mise 'sa cheart shuidheachadh sin o chionn fichead bliadhna, ach dh' fhairtlich orm riamh gu ruige so ainm a chur air."

FIOR MHOCH-EIRIGH.

"Is tu fhein a tha math air a mhoch-eirigh, a Phàdrùig," arsa ceannaiche ri balach Eirionnach a bha 'g obair dha; "cha 'n eil latha thig mi an so nach eil thusa romham aig t' obair."

"Ma ta," arsa Pàdrùig, "is suarach mis' air a mhoch-eirigh an taca ri m' athair. Sin agaibh far am bheil fear a dh' éireas tràth."

"Agus am bheil thusa 'g radh gu 'm bi t' athair ag eirigh na 's tràithe na thu fhein?" ars an ceannaiche. "Ma bhitheas, gu dearbh cha mhor cadail a ni e."

"An e m' athair?" arsa Pàdrùig. "Gu dearbh na 'n rachadh esan a laidhe beagan na's anmoiche na bhios e 'deanamh, choinnicheadh e ris

fhein ag éirigh 'sa mhadainn."

Chaidh Ruiseanach a bha air ùr-thighinn do America gu cala rathaid-iaruinn, agus dh' fhaighnich e de dh' ofigeach a bha 'n sin cuin a bha trèin àraidh a fàgail a chala. Dh' innis an t-ofigeach dha an uair agus a mhionaid, agus dh' fhàg an duin' e 's coltas a bhi làn riaraichte air. Ach an ceann bacain bha e air ais a rithist a' faighneachd na ceist cheudna. "Nach do dh' innis mi sin dhut an ceart-uair," ars an t-ofigeach. "Dh' innis," ars' an Ruiseanach, "agus tha mi fada na 'r comain; ach 's ann a tha mi 'n dràsda' faighneachd air-son duin' eile."

Chaidh am prìosanach fhaotainn neo-chiontach leis a chùirt. "An deigh so," ars am breitheamh ga 'chomhairleachadh, "feuch gu 'n seachainn thu droch cuideachd." "Gu dearbh 's gu cinnteach 's mise ni sin," ars am prìosanach, "cha 'n fhaic sibh ann an so mi an da latha so."

<eng>The Canadian Bank of Commerce<gai>
RIS AM BHEIL AIR AONADH
<eng>THE HALIFAX BANKING COMPANY.<gai>

Earras Paidhte \$8,700,000
Airgiod Taimh 3,000,000

ARD OFIS, TORONTO.

AN T-ONORACH DEORSA <eng>A. COX,<gai>
Ceann-Suidhe.

<eng>B. E. WALKER,<gai>
Ard Mhanager.

Ofis an LUNNAINN (Sasunn) aig 60 <eng>Lombard St., E. C.
S. CAMERON ALEXANDER, Manager<gai>

Ofis an <eng>NEW YORK<gai> aig 16 <eng>Exchange Place,
WM. GRAY agus H. B. WALKER, Agents.<gai>

Tha ceud is ceithir meur dhe'n Bhanca so air feadh Chanada is nan Staidean Aonaichte, am measg am bheil an àireamh a leanas anns na Roinnean Iochdrach.

<eng>HALIFAX, H. N. Wallace, Manager.
Amherst Antigonish Barrington
Bridgewater Canning Lockeport
Lunenburg Middleton New Glasgow
Parrsboro Sackville St. John
Shelburne Springhill Sydney
Truro Windsor<gai>

Gach seorsa gnothuch banca.

Ceannaichear is reicear airgid is notaichean Breatunnach.
Gheibhear Litrichean Creideas de 'm faodar feum a dheanamh ann an
cearna sam bith dhe 'n t-saoghal.

BANCA CAOMHNAIDH.

Tha Banca Caomhnaidh a nise fosgailt aig gach meur dhe 'n bhanca.
Gabhar suim sam bith air riadh, eadhon suim cho beag ri aon dolar.

Meur ann an Sidni.

<eng>P. C. STEVENSON, Manager.<gai>

ANNS AN STOR UR

LE STOC MOR DE DH

Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula

ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE

air Sraid Shearlot.

<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

[Dealbh]

Bidh fìor chomhfhurtachd agad 'nad dhachaidh nuair a bhios gach
airneis us grinneas air a thaghadh le rian agus tuigse. Agus 's e 'n
ceud ni is coir aire fhaotainn am brat-ùrlair a theid air na
seomraichean. Gheibh thu againne
Brat-ùrlair is Airneis
dhe na seorsachan a's fhearr, agus gach ni eile air an cuir thu feum
air son breaghachd do thaighe.

Cuir a dh' iarraidh Leabhraim anns am bheil gach ni a tha sinn a
creic air ainmeachadh. Paighidh sinn faradh do chearna sam bith de
Cheap Breatunn.

<eng>Gordon & Keith, A. T. GRANT, Manager.

SYDNEY & LOUISBURG R'Y.<gai>

TIM CHLAR.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh' Iun, bidh na treineachan
a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 7.59 a.
m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.35 a. m.

A fagail Shidni aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 9.43 a. m.,
'sa ruigheachd Louisburg aig 10.35 a. m.

A fagail Louisburg aig 5.30 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 6.21 p.
m., 'sa ruigheachd Shidni aig 7.00 p. m.

A fagail Shidni aig 8.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.43 p. m.,

'sa ruigheachd Louisburg aig 9.30 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

Mac-Talla.

Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.

Bliadhna, \$1.00

Tri Miosan, .30

Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd-gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 41]

[Vol. 12. No. 6. p. 1]

MAC-TALLA.

"An ni nach cluinn mi an diugh cha 'n aithris mi maireach."

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, SEPTEMBER 18, 1903. No. 6.

Ann am Breatunn cha'n eil fir-pàrlamaid a' faighinn tuarasdal no duais sam bith air-son na tha iad a' toirt do'n dùthaich de'n uine 's de'n saothair. Cha'n eil e doirbh thall an sin daoine matha fhaotainn a tha 'n da chuid comasach agus deònach air gach dleasan a bhuineas do luchd-pàrlamaid a choilionadh gun chosdus sam bith do'n t-sluagh. Ann an Canada, cha b' urrainn a' chùis a bhi mar sin. Is dùthaich ùr i anns am bheil aig a mhor chuid ri'm beòlaint a chosnadh air aon dòigh no dòigh eile. Feumaidh am fear-lagha, an lighiche, an tuathanach 's am fear-ceairde cumail ri obair air-neò tuiteam air deireadh agus call fhulang. Air an aobhar sin thatar a pàidheadh luchd-na-pàrlamaid. Cha'n eilear ga 'thoirt dhaibh mar thuarasdal, ach mar dhuais air-son a bhi fàgail an gnothuich fein air sgàth na dùthcha. Nuair chaidh Canada aonadh, 'sa shuidhicheadh an àrd-phàrlamaid, bha mìle dolair 'sa bhliadhna air a thoirt dhaibh; b' àbhaist do'n phàrlamaid aig an àm sin a bhi na 'suidhe mu thri miosan gach bliadhna. Beagan bhliadhnachan air ais chaidh an duais a thogail gu mìle 's coig ceud; bha suidhe na pàrlamaid an uair sin air sìneadh gu coig miosan. Am bliadhna tha i cheana na

suidhe corr is seachd mìosan, agus bidh i air a chuid a's lugha na suidhe mìos eile. Chaidh àireamh dhe na buill fa chomhair a Phrìomh Mhinistear air an t-seachdain s'a chaidh ag iarraidh tuilleadh tuarasdail airson na bliadhna so; ach chaidh an t-iarrtus sin a dhiùltadh. Thuirt Sir Wilfrid Laurier riutha nach seasadh an dùthaich ris a chòrr. Tha esan, a reir coltais, de'n bharrail gu 'm faodadh a phàrlamaid a bhi moran na bu sgiobalta na tha i mu chùisean na dùthcha. Thatar a marbhadh moran ùine ag eisdeachd ri òraidean gun bhrìgh 's ri connsachadh gun fheum. Na'm biodh an tuarasdal na bu lugha na tha e, cha'n eil teagamh nach biodh gnothuch na dùthcha air a chrìochnachadh an ùine bu ghiorra. Tha na pàrlamaidean fada so glé sgìtheil air an t-sluagh. Agus rud a's cronaille, tha iad trom air bhi cumail nan daoine a's fhèarr 's a's comasaiche o bhi gabhail gnothuich ri cùisean-riaghlaidh. Cha'n iadsan a's fhèarr buadhan inntinn gu tric a's iarraichte air bhi air an cur do'n phàrlamaid; agus do dhuine comasach cha'n eil mìle no coig ceud deug dolair na iomlaid ro-mhath airson da no trì ràidhean dhe'n bhliadhna. B' fhèarr gu mor feuchainn ri suidhe na pàrlamaid a ghiorrachadh na bhi 'g iarraidh tuarasdail nam ball àrdachadh.

DROCH SMAOINTEAN.

Co as a tha na droch smaointean a' tighinn? Tha iad a' tighinn as a chridhe. Tha 'n Tighearn' Iosa Criosd, an neach aig am bheil fios air staid a' chridhe, ag innseadh so dhuinn; oir tha e 'g radh, "Oir is ann as a' chridhe a thig droch smaointe, mortadh, adhaltrannas, striopachas, gadachd, fianuis breige, toibheum."

Thig droch smaointean a steach do gach uile chridhe; oir tha 'n cridhe air a chumadh air aon doigh; tha dorsan air mar a tha dorsan air taighean.

Ma thig droch dhaoine, truagha, truailidh, thun do dhoruis, agus gu'm buail iad aige, ciod a ni thu? Theid thu thun an doruis; seallaidh tu orra ann an clar an aodainn; their thu riut fhein nach urrainn dut barrail mhath a bhith agad orra, ach air a shon sin is dòcha gu'n leig thu steach iad; ach ged a leigeas tu steach iad, cha dean thu cairdeas no comunn sam bith riutha. Air an aobhar sin, cha 'n urrainn iad truailidheachd an nadair a chompàrtachadh riut. Sin dìreach mar a thachras an uair a dh' éireas droch smaointeanan ann an cridhe duine aig nach 'eil tlachd ann an droch smaointeanan.

Ach an duine a tha truagh, truailidh e fhein, an uair a thig duine truagh, truailidh eile thun an doruis aige, agus a dh' iarras e cead a dhol a steach gheibh e cead anns a' mhionaid, do bhrìgh gu 'm bheil co-chomunn gu nàdarra eadar aon duine truailidh agus duine truailidh eile. Mar a tha 'n seanfhacal ag radh: "Aithnichidh na leith-chiallaich a cheile." "Eoin na h-aon iteig gheibhear cuideachd iad." So mar a tha tachairt a thaobh dhroch smaointeanan. Ma gheibh iad aoidheachd thig iad tric gu leòir; agus fàsaidh iad na 's lionmhoire a h-uile latha gus mu dheireadh, am bi cridhe an duine air a lionadh cho lan leotha 's nach bi àite sam bith aig smaointeanan math' ann.

Tha droch smaointeanan nàdarra do na h-uile. Tha a ghné fhein anns gach creutair. Tha 'm puinnsean anns an nathair gu nàdarra; tha 'n tiger gu nàdarra an geall air fuil; agus an leomhann mar an ceudna. Agus cha 'n 'eil e ann an comas duine sam bith atharrachadh a thoirt air nàdar nan creutairean so. Cha mhò na sin a tha e 'n comas duine sam bith atharrachadh a chum math a thoirt air duin' eile. Is e Dia a mhain aig am bheil comas air cridheachan glana a chruthachadh ann an daoine. Bha fhios aig Daibhidh air a' so an uair a thuirt e: "Cruthaich annam cridhe glan, a Dhé; agus ath-nuadhaich spiorad ceart an taobh a staigh dhìom."

Faodaidh gu 'n teid aig daoine air iad fhein agus daoine' eile a chumail gun a bhith 'cur an gnìomh uilc gu follaiseach anns an t-saoghal, ach ma tha an cridhe làn de dhroch smaointeanan, cha 'n urrainn dut a radh gu 'm bheil iad 'nan daoine diadhaidh.

Faodaidh daoine am bas fhaotainn ged nach biodh lot, no creuchd ri 'fhaicinn air an taobh am muigh dhe 'n cuirp. Mar is trice, is ann o thinneasan a tha 'g obair air an taobh a staigh de dhaoine a tha na galairean a's doirbhe ri an leigheas. Their an luchd-sgil ruinn an comhnuidh, gu 'n rachadh aca air iomadh galair a leigheas na 'm b' e 's gu 'n rachadh aca air 'fhaicinn.

Is iomadh duine air an d' thainig atharrachadh o 'n leith am muigh aig am bheil a chridhe cho làn de dhroch smaointeanan 's a tha 'n t-ugh dhe 'n bhiadh. Faodar deise mhath, bhriagha a chur air duine cho aingidh agus cho truailidh 's a sheas ann am bròig; ach cha dean an deise mhath duine fìorghlan, fìrinneach, onarach dheth. Cho fad 's is fhiosrach sinn, cha robh olc sònraichte sam bith ri chur as leith an duine shaoibhir; ach, air a' shon sin, an uair a dh' fhosgail e a shùilean anns an t-saoghal thall, b' ann an ifrinn a fhuair e e-fhein.

Ach ged nach urrainn duine sam bith a chridhe fhein, no cridhe duin' eile a ghlanadh, gidheadh, an uair a ghlanar an cridhe le cumhachd a 's airde na cumhachd duine, feumar feuchainn le dichìoll mòr ri 'chumail glan. Tha e air innseadh dhuinn le daoine a tha eòlach air gàradaireachd, gur e an aon dòigh air luibheannan nàdair a chumail o lamh-an-uachdar fhaotainn anns a' ghàradh, frasan matha a chur anns a' ghàradh, a chum gu 'n cum iad fodhpa na luibhean a tha fàs gu nàdarra. Tha 'n t-Abstol Pòl ag radh ris na Philipianaich, a bha air an iompachadh, ach a bha aig a' cheart am, car lag anns a' chreideamh: "Fa dheoidh, a bhraithrean, ge b' e nithean a tha fìorghlan, ge b' e nithean a tha ion-ghraidh; ge b' e nithean a tha ion-mholta; ma tha deadh bheus air bith ann, ma tha moladh air bith ann, smuainichibh air na nithibh sin. Na nithean sin araon a dh' fhoghlum, agus a ghabh sibh, agus a chuala, agus a chunnaic sibh annamsa, deanaibh; agus bithidh sibh Dhé maille ribh."

Is ann mar so is fhèarr a theid againn air gach droch smaointean a chumail am mach. Ma lionas tu do thaigh le daoine diadhaidh, cha bhi na daoine' ann-diadhaidh toileach tighinn an còir do thaighe. Ma bhios tu 'sior àrach smaointeanan diadhaidh 'na d' chridhe, fanaidh

na droch smaointeanan air falbh uat. Cha 'n 'eil eadhoin an duine aingidh toileach gu 'm faiceadh daoine diadhaidh an obair aingidh a bhios e deanamh, no idir na smaointeanan a bhios ag eirigh suas 'na chridhe.

A réir mar a tha facal Dhe a' teagasg dhuinn, cha 'n urrainn neach sam bith a tha 'g arach droch smaointeanan a dhol a steach do rioghachd nèimh.

Rud sam bith a bhios grod 'na bhroinn, cha dean daoine ach a thilgeadh uapa. Tilgidh iad uapa an ubhal a bhios grod, mar a ni iad air a h-uile rud eile a bhios gun fheum; ach tha cuid dhiubh a' smaointean aig a' cheart am nach tilg Dia uaithe na droch dhaoine truagh, truailidh aig am bheil an cridheachan air an lionadh le smaointeanan cho truailidh, agus cho gràineil 's nach leigeadh an nàire leotha fhein, an uair a tha iad ann an cuideachd a cheile, uiread is iomradh a thoirt orra ann am briathran soilleir.

Gu deimhin tha smaointean cridhe an duine olc gach aon latha, agus mur glan Dia an cridhe, bidh e gun ghlanadh idir.

Ach tha dà sheòrsa dhaoine ann. Tha feadhainn ann a tha coma co dhiubh a bhios na taighean aca glan, no nach bi; ach tha feadhainn eile ann nach bi toilichte mur bi an

[TD 42]

[Vol. 12. No. 6. p. 2]

taighean air an cumail glan a h-uile latha 's a' bhliadhna. Tha 'n duine aingidh coma co dhiubh a bhitheas no nach bi smaointeanan a chridhe ceart no cearr; tha e mar gu 'm biodh bean-taighe ann a bhiodh coma co dhiubh a bhitheadh no nach bitheadh a taigh glan cho salach. Ach tha mnathan-taighe ann nach bi mionaid toilichte anns an latha mur bi na taighean aca cho glan 's a ghabhas deanamh. An neach anns am bheil nàdar glan, bidh toil aige bhith glan e fhein, agus a bhith ann an àite glan.

A charaid, ciod e staid do chridhe-sa? Am bheil e glan, no am bheil e mar gharaidh ùdluidh anns am bheil creutairean ro ghràineil a' gabhail taimh? Na bi na 's fhaide aineolach air staid do chridhe. Tha mòran dhaoine a' faotainn a' bhàis gun fhios gun fhaireachadh dhaibh fein le tinneas a' chridhe. "Is ann a pailteas a' chridhe a labhras am beul." Gabh beachd sònraichte air do chainnt.

IAIN.

FACAL THALL 'S A BHOS.

Cha'n fhiosrach mi c'uin a leugh mi earrann dhe'n MHAC-TALLA a thaitinn cho math rium ris an earrann sin, anns an àireamh mu dheireadh, far am bheil sibh a' tairgse trì duaisean (leabhraichean

a bu chòir a bhith anns gach dachaidh Ghàidhealach an Canada) air son na trì litrichean a's fhearr a theid a sgrìobhadh gu MAC-TALLA eadar so is deireadh na bliadhna. Tha mi 'n dòchas gu'm bi MAC-TALLA air a bhreacadh le litrichean. Tha iomadh Gaidheal is bana-Ghaidheal "thall 's a bhos" a' sgrìobhadh litir phongail na 'm feuchadh iad ris. Is aithne dhomh fhein iomadach Gaidheal a bhruidhneas a' Ghàilig gun chearb, agus na 'n cuireadh iad an smointeanan air paipear theid mis' an urras gu'm biodh na litrichean aca fìor thaitneach le d' luchd-leughaidh. "'S e lionmhorachd nan làmh a ni 'n obair aotrom." Tha a' h-uile car a tha MAC-TALLA 'cur dheth a còrdadh rium fhìn. Tha gach facal o thaobh gu taobh dheth fìor mheasail agam. Gun teagamh is e do mhiann a bhi "anns a h-uile cruth do na h-uile dhaoine" a chum 's gu'm bi a' Ghailig air a craobh-sgaoileadh air feadh an t-saoghail. Tha MAC-TALLA airidh air cuideachadh gach fìor Ghaidheal. 'S ann na 'n lamhan a tha e: tha e na'n comas a dheanamh a cheithir uiread 's a tha e, agus tha mi cinnteach gu'm bi e sin a dh'aithghearr.

"Ma tha Eóghain beag an dràs',
'S ann a' fàs a bhitheas e."

Am measg gach mathas eile a th' air MAC-TALLA cha'n 'eil a ghuth lag an àm bruidhinn am mach mu'n mhisg. Agus ma tha peacadh eile 'san tìr a tha air a thoirmisg le lagh Dhé is dhaoine 's e am peacadh sin misgeireachd. Tha e air innseadh a nise gu bheil grùdair, no fear-deanamh stuth-làidir, as na Stàidean, a bràth taigh fhosgladh, dlùth air an taigh-sgoil ann an Sidni, air son stuth làidir a dheanamh. Cha'n 'eil taigh-grùdaireachd ann an cearn eile dhe'n Eilean àghmhor so. Cha 'n iongantach leinn ged a bhiodh ministerean an t-soisgeil a togail an gutha na 'aghaidh. 'S e Ceap Breatunn, faodaidh mi a radh, dachaidh nan Gaidheil air an taobh so dhe'n chuan—"tìr nan sonn 's nan curaidhean." An leig iad leis an ni so dol air aghart? Ma sheasas iad ri gualainn a chéile cha leig.

Tha "Peigidh Phabach" a' toirt iomradh dhuinn air treuntais na seana Ghàidheil-'s gu dearbh fhéin 's iad a bha treun! Am bheil sinne cho measail air na seana Ghaidheil, 's a bu chòir dhuinn a bhith? air an cleachdainnean 's air an àbhaistean? air an dìlseachd 's am bàigh do gach ni a bha firinneach, onarach, dìreach? Ma tha, mar a tha 'n seann sgeul ag radh, "'s e a chlach a's àirde a chlach a's isle" 'bhitheas de'n taigh-ghrùdaireachd, a tha togail a chruth grànda cho faisg air an taigh-sgoil.

Chuala mi air innseadh o chionn fada mu Ghaidheal àraidh a bha anabarrach treun. Thogadh e coig mosgaidean air bàrr a mheoirean—a cheithir meoirean ann am baraille ceithir dhe na mosgaidean, agus an coigeamh mosgaid air a sìneadh tarsuinn air stoc nan ceithir eile. Thainig a chairdean do Cheap Breatunn far am bheil iad a còmhnuidh gus an latha 'n diugh. 'S e Domhnullach a b' ainm dha. Chaidh e as a bheachd ann am blàr Waterloo agus thionndadh e air a chuid daoine fhein. B' fheudar dhaibh peileir a chur ann. Cha chreid mi nach e 'm

peileir so a ghiorraich a laithean.

Ann an a' bhliadhna 1881 chuir an Siorram Mac Neacail am mach an leabhar luachmhor agus eireachdail sin, "Seanfhacail Ghailig." Ged a tha dlùth air ceithir mìle seanfhacal 'san leabhar, cha'n 'eil iad uile ann. Chuala mi-fhìn seanfhacail nach fhaca mi 'san leabhar aige. Is cinnteach gu'n cuala tu fhein agus moran dhe d' luchd-leughaidh am facal so: "Ma bhios tu beò bitheadh, 's mar a bi bi agad," ach ma dh' fhaoidte gu bheil pairt diubh aineolach air mar a dh' eirich am facal. A réir 's mar a chuala mise chaidh sagart uaireiginnean dhe 'n t-saoghal a choimhead air bean a bha tinn na 'sgìreachd. An uair a bha e 'deanamh deiseil gu falbh thug i iomradh air bó a bha bochd anns an t-sabhal, agus bhiodh i fada na 'chomain na'n rachadh e a dh'amharc oirre. Air son a toileachadh chaidh an sagart do'n t-sabhal, agus an uair a chunnaic e a bhó thuirt e, "Ma bhios tu beò bitheadh, 's mar a bi bi agad," is dh'fhalbh e. An ceann latha no dha cha robh cnead air a bhoin. Ach am beagan ùine an déidh so chuala a bhean air a d'thug mi iomradh gu'n robh an sagart tinn le at-bràghad, agus thog i oirre a choimhead air. An uair a chaidh i stigh far an robh e, 's e a thuirt i ris, " Ma bhios tu beò bitheadh, 's mar a bi bi agad!" Chuimhnich an sagart am facal, 's rinn e gàire; bhris air an at, 's chaidh e na's fhearr. Tha eagal orm gu bheil tuilleadh 's a chòir dhe na Gàidheil dhe 'n bheachd so a thaobh MHIC-TALLA.

So mar a mhol Niall Mac Leòid am paipear Gàilig, agus crìochnaichidh mi le 'bhriathran:

"Gu'n robh do theachdaireachd le buaidh,
Gu torach buan a' fàs fo bhlàth;
Mar lòchran laist' air carraig chruaidh,
'G ar seòladh suas gu suaimhneas àrd!

Gleus suas do chlàrsach duineil treun,
Air cliu 's air euchdan shìol nan sonn;
'S cluinneadh an t-àl a thig 'n ar deigh,
Do ghuth air teudan binn nam fonn!"

CLUARAN.

An ceathramh là deug de mhios meadhonach an Fhoghair.

FACAL A L'ARDOISE.

A DHEAGH CHARAID,—Tha mi faicinn nach 'eil aon sam bith eile a' gabhail air fhéin guth a chur ugad o'n àite so, agus ged a rinn mi-fhìn uair no dha roimhe so beagan fhacal a chur do d' ionnsuidh, cha robh mi ach feuch an gabhadh cuid eile m' eisimpleir. Ach cha 'n 'eil e coltach gu bheil e an dàn do MHAC-TALLA moran de nithean càilmhor fhaighinn as an iomall so de Cheap Breatunn, ma 's e bhur seirbhiseach umhail a bhios an earbsa ris.

Tha 'n duine air chul na speal a' deanamh obair mhor aig an àm so. Tha 'n t-sìde fàbharrach agus tha 'm bàrr feòir neo-chumanta math. Fhad 's a bhios slàinte agus saibhlean làn air a bhuileachadh air na tuathanaich cha 'n eagal daibh. Ach 's còrr dhaibh gun dearmad a dheanamh air cuimhneachadh air an t-slighe o 'm bheil na h-uile ni math a teachd chum feum do mhac an duine.

Tha 'n rathad-iaruinn a bha dùil aig muinntir a bhiodh air fhosgladh gu Louisburg, air a chrìochnachadh gu ruige St. Peter's. Bha dòchas mor aig sluagh na siorrachd so, am measg chàich "Ceann Liath," gu 'm biodh e dlùth a bhi ullamh roimhe so. "Ach 's tric bha dòchas luch is dhaoin' gun mhoran stàth." Tha e air innseadh gu bheil Mac Coinnich agus Mann a' tairgse na tha air a chrìochnachadh dhi a cheannach. Ma dh' fhaoidte ma gheibh iadsan greim air gu 'n cuir iad troimhe gu 'cheann-uidhe e.

Tha mi duilich nach 'eil MAC-TALLA a toirt dhuinn facal dhe na bheil a' dol air adhart 'san àrd-phàrlamaid. 'S math a dh' innseadh "Cona," na 'n toilicheadh e, ciamar 'tha cùisean a' dol. Cha mhisde paipear sam bith iomradh a thoirt air gnothuichean na dùthcha. Tha paipearan againn an Canada a bheir dhuinn gu pongail naigheachdan dhe 'n t-seòrsa so, agus nach truaille iad fhein le bhi cur sios air taobh seach taobh 'nuair nach freagair e dhaibh.

Tha mi toilichte gu 'n do chrìochnaich sgeulachd "Aladin." Gu dearbh 's beag tlachd a th' agam fhein dhe na h-ùr-sgeulan gòrach ud. Cha'n ann a cur sios air an deagh laimh a tha ga 'n cur 's a' Ghàilig a tha mi idir. Ach nach mor a b' fhearr dha a lamh fheuchainn air nithean a bhiodh a chum barrachd math do 'n luchd-leughaidh. Cha chòir do MHAC-TALLA a bhi toirt uibhir a dh' àite do sheann nithean, agus nithean ùra <eng>(original)<gai> na 's leoir r'a sheachnadh.

Agus tha ni eile bu ghle thoil leam fhaicinn: barrachd litrichean. Gu robh buaidh le "A. M. S." Is truagh nach robh na h-uile pears'- eaglais Gàidhealach cho eudmhor ris air taobh na Gàilig. Ach 's ann tha mhor chuid dhiubh caoin-shuarach co-dhiu bhios i beò no marbh. Agus ged a thuirt an Diuc Earraghàidheal nach maireann "gu 'n robh i air thoiseach air gach cànan gu aoradh a dheanamh do Dhia," gidheadh tha i air a cur air chùl ann am mòran de choimhthionalan agus searmoinean fada Beurla air a h-àit' a ghabhail.

Ach tha 'n t-àm agad sgar. Ma bheir sibh cùil do 'n litir leibideach so, cluinnidh sibh uam fhathast mu 'n ruith mòran ùine. A' guidhe fogharadh math do luchd-gabhail ùr do 'n MHAC-TALLA. Is mi bhuir caraid,

COINNEACH A. MAC FHEARGHAIS.
September 1, 1903.

Air a mhios a dh' fhalbh thainig naodh ceud de mhuinntir Newfoundland do Cheap Breatunn; thainig iad air a Bhruce gu Sidni Tuath, agus as a sin sgaoil iad do'n dà Shidni 's do na mèinnean far

am bheil iad ag obair. Tha àireamh mhor dhe 'sluagh a' fàgail
Newfoundland na h-uile bliadhna.

[TD 43]

[Vol. 12. No. 6. p. 3]

EOBHAIN BAN MAC AN T-SAIGHDEIR.

LE SEUMAS N. MAC FHIONGHAIN.

CAIB. XIV.

NA PHRIOSANACH AIG NA FRANGAICH-COMHRADH AN T-SEANALAIR-AM FRAOCH A
NOCHDADH OS CIONN NA LILI.

BHA toil aig Eobhain a chuid bu mhotha dhe 'n astar chunnartach a chur seachad mu 'n nochdadh lòchran òirdhearc nan speur 'san ear, agus mar sin dh' fheuch e dé rachadh aig an steud Ghearmailteach air a dheanamh, is chuir e gu dhùlan e. An uair a bha e 'n dùil gu 'n robh cheud ghàbhadh seachad, chunnaic e ceathrar no cóignear de na Frangaich a tighinn air a chaothach air a laimh chli air son gearradh roimhe. An uair a chunnaic ar curaidh gu 'n robh iad so le 'n eich mhora, chumhachdach air thuar a bhi roimhe, thionndaidh e stigh air frith-rathad air a laimh dheis, 's a bualadh an eich le 'chuipe 's le 'spuir, chaidh e pios math astair le luathas gaoth Mhàrt na Gàidhealtachd. A feuchainn ri taighean a nochd mu choinneamh a sheachnadh, thionndaidh Eobhain bàn sios taobh pàirc ghorm fhàs a chunnaic e. A faicinn nach robh cunnart sam bith a chitheadh an t-sùil air thoiseach, 's a cluinntinn fuaim a naimhdean na 'dhéigh, bhual e 'n t-each a rithist, ach ann am briobadh na sùl, chaidh an t-each sios fodha, agus fhuair e e-fhéin ceithir slatan air thoiseach 'sa bheul fodha 'san fheur ghorm. Air a chrathadh 's air a bhruthadh gu dona, bha 'n Gàidheal gun chomas éirigh mionaid no dha, agus thàinig 'san ùine sin na Frangaich ghuineach, naimhdeil air a mhuin, is bha e na phrìosanach da rìreadh. Mar na geòidh bha iad a godail mu 'n cuairt da, agus beòil fhuara 'n cuid ghunnachan ris an uchd aige, air chor 's gu 'n cuireadh an gluasad a b' fhaoinne bhuaithe a bheatha ann an cunnart. Gun dàil rugadh air an each aige, is thugadh air a dhol air a mhuin far an do cheangladh gu teann, cruaidh e. Chunnaic e nis gu 'm b'e ròpa mor cainbe a bha ceangailt' eadar da phosta taobh na pàirce, a chaidh m'a chasan an eich 'sa thug gu talamh e. Le srian an eich ceangailte ri each fear dhe na saighdearan, ghabh na Frangaich air falbh leis a phrìosanach 's an cuid airm air ghleus, deas na 'm feuchadh e ri cleas sam bith nach còrdadh riutha. Gun dàil rainig iad seann taigh mor iosal, air a chuirteachadh le craobhan mheas is achaidhean lìn, air am pronnadh 's air an stampadh sìnte uaithe air gach taobh ach a h-aon. Mu 'n cuairt nan gàraidhean bha moran shaighdearan a faighinn fo 'n uidheam is ofigich rìomhach a falbh 's a tighinn gun abhsadh na 'n cruaidh leum. Am measg na h-ùpraid cha deach moran uighreachd a chur air a Ghàidheal; oir, a réir choltais, an tùs latha bhiodh buailteach air a bhi fuilteach, bha aire gach duine air a smaointean

's air a ghnòthuch fhéin. Threoraich a bhuidheann a ghlac e am prìosanach gu dorus mor an taighe, 's a leum a stigh chluinnt' an ceannard a dian chòmhradh ri ofigeach a bha stigh. Chuir am fear so fios mu 'n ghnòthuch do sheòmar diomhair a chomannair, 's an ùine gun bhith fada thàinig saighdear mòr ruadh a mach is dh' òrdaich e Eobhain fhuasgladh bhar an eich. Fhuair ar curaidh faothachadh mòr le bhi saor 's na cuird chruaidhe, ach bha 'lamhan ceangailte le glas-laimh, 's air thuar a bhi mar sin ùine mhath, a réir barail nam Frangach. Thionndaidh am Frangach ruadh ris agus dh' iarr e air ann an droch Bheurla a leantuinn, is ghabh iad a stigh. A reir coltais bha 'n comannair a gabhail fadachd, agus 's gann nach do dh' éirich a ghruag air ceann Eobhain air dha na briathran so a chluinntinn a tighinn a mach as a sheòmar ann an deagh Ghàilig: "A Nèill mhòir, a Nèill mhòir, nach greas thu ugam leis an t-Sasunnach!"

"Tha mi tighinn! tha mi tighinn, 's e agam air chlaigeann!" ars' am Frangach ruadh, ann an Gàilig a cheart cho math.

"A stigh leis, ma ta!" 'S an ath mhionaid fhuair Eobhain e fhein air beulaobh leth sheann duine cnuacach, làidir, a bha, a réir coltais, aon uair cho dubh falt ri sgiath an fhithich, ach a nis a th' air a chothlamadh gu math le geal. Na shuidhe aig bòrd is glaineachan air a shròin, 's e gu trang a sgrìobhadh, lean an seanalair (oir bu sheanalair e) air stiùradh a phinn greis mu 'n do thog e 'cheann. Bha 'chleòca 's a chuid airm na'n carn air ceann a bhùird, deas gus an caitheamh uime ann am mionaid. Mu dheireadh rinn Niall casad, is thog an duine mor a cheann.

"O, ho!" ars' esan, "tha mi ga d' thuigsinn, a Nèill mhòir: tha thu gabhail fadachd. Ach cum dlùth dhomh fhìn an diugh, a Nèill, mu 'n tuit thu 'n gàbhadh cho mor 'sa chaidh ar n-athraichean latha Chùilfhodair. Agus dé dh' éireadh do m' Ghàilig 'san uair sin mur biodh duine agam ris an cosguinn i. Ach eadar dha sheanachas, a Nèill, nach iomadh buideal leanna a thràigh an Sasunnach mor sin mu 'n do dh' fhàs e uiread sin! Ged tha thusa moiteil mu d' mheudachd 's mu d' spionnadh, chuirinn geall gu 'n sguabadh am fear mor sin an t-ùrlar leat."

Ghearr Niall leum o'n ùrlar air dha so a chluinntinn. "Ged a bhiodh e uiread ri Notre Dame," ars' esan, "bheirinn mo leud fhìn as an t-Sasunnach bu mhotha bhrùth bròg riamh, 's cha bu mhor a b' fhiach an còrr, agus—"

"Air do shocair, air do shocair, a Nèill. Is dòcha gu 'm faigh thu an cothrom mu 'n teid grian an latha 'n diugh fodha, air do leud a thoirt á iomadh Sasunnach mòr, ma dh' fhaoidte clann pàirt dhe 'n fheadhainn a bha ruith d' athar oidhche Chuilfhodair. Ach a nis cuiridh sinn ceist no dha air an t-Sasunnach mhor so, oir cha d'fhuaradh paipeirean no ni a b' fhiach an t-saothair air 'nuair a ghlacadh e."

Le so a radh thionndaidh e ri Eobhain, a bha gu stòlda 'g éisdeachd a chòmhradh iongantach Ghàilig so, an dùthaich chéin am measg naimhdean, agus thainig e thun a cho-dhùnaidh gu 'n robh e fìor gu

'n robh Gàilig ri 'cluinntinn 's gach cearn dhe 'n t-saoghal, agus nach d' fhuair e oisinn dheth fhathast anns nach robh Gàidheal, agus gu 'm faodadh e bhith fìor gu leor, mar a thuirt dùin' àbhachdach ris an robh iad a tachairt na chuirtean 's gach àite, gu 'm biodh Gàidheal na 'shuidhe mullach a "Chroinn Thuathaich" na 'm faighte gu bràth e. Labhair an seanalair ris ann am Fraingeis, ach chrath Eobhainn a cheann ris, is thainig fiamh gair' air.

"Cha 'n 'eil mi ga 'r tuigsinn idir," ars' esan; "cha fhreagradh a chainnt bhog sin 'sna beanntan fuara 'san d' fhuair mise m' àrach."

Leum an seanalair air a bhonn. "An gabh e bhith! an gabh e bhith gur Gàidheal thu!" ars' esan 's e sìneadh a laimhe dha. <eng>"Sacre! <gai> dhi-chuimhnich mi gu 'n robh do lamhan ceangailte. A Nèill, fuasgail 'sa mhionaid e.—Ach stad ort. An e Caimbeulach a th' annad?"

"Cha 'n e!" ars' Eobhain 's e deanamh gàire. "Cha mhi Diuc Earraghaidheal no aon de 'chinneadh. Agus air-son nan glasan leibideach so, ged a dh' fhàg mi orm iad uige so, cha ruig Niall a leas an dragh a ghabhail, oir tha iuchair Ghàidhealach agam an so nach bi fada ga 'm fosgladh."

Leis na briathran chuir Eobhain a dha laimh tarsuinn air a chéile, 's a cur car no dha an aghaidh cuir 's a ghlais, thug e garbh ribe orra, is bha i aige na da bhloigh air an ùrlar.

"Ah!" ars' an seanalair 's e deanamh gàire subhach, "nach duirt mi riut, a Nèill mhòir, gu'n rachadh aige air an t-ùrlar a sguabadh leat. Tìr an fhraoich gu bràth! Tìr an fhraoich gu bràth!"

"Ma ta," arsa Niall mòr, 's e tarruinn air fhiaradh ri Eobhain 's ga thomhas le 'shùil o làr gu mullach, "cha 'n 'eil mi 'g radh nach b' fhasa dha sguab eile 'ghabhail ri Niall mòr; agus ged a thogadh mise 'san Fhraing, tha mi deònach car no dha fheuchainn ris air 'ur beulaobh."

Chuir briathran Nèill gu gàireachdaich càch, a toirt air an t-seanalair a ràdh: "Sin thu fhéin, a Nèill: nochd thu fraoch do phòraibh os cionn na lili 's na briathran ud. Is fhad o chuala mi, ma tha aon ni air thalamh a's fhearr leis a Ghaidheal na sporran math reamhar gur e deagh shabaid. Ach 'illean," ars' esan 's e ga 'tharruinn fhein suas, "gheibh sibh 'ur sàth dhiù le chéile mu 'n téid a ghrian fodha 'n nochd. Agus faodaidh tusa 'bhi taingeil, 'ille òig, gu 'n d' fhuair na Frangaich greim ort; oir is ni cinnteach gu 'm bi an t-Iompaire do-chiosnaichte buadh-mhor an diugh mar a's àbhaist, agus theid na Sasunnaich dhubha 's na Pruiseanaich a' sguabadh bhar aghaidh an fheòir. Ach tha mi duilich, duilich a bhith faicinn na Gaidheil thapaidh guala ri guala ris na Sasunnaich bhronnach, a bha riann dhaibh am fuath. Is leòr e," ars' esan, 's a shùil a lasadh, "gus toirt air cnàmhan ar n-athraichean tionndadh 'san ùir! Ach, an uair! an uair! Ruith, a Nèill mhòir, is òrdaich an t-each agam mu 'n cuairt, is againn ris an t-Iompaire 'choinneachadh aig Ligni."

Thòisich an seanalair, air do Niall a dhol á sealladh, ri cur uime 's ri bruidhinn ri Eobhain aig a cheart àm. "D' ainm?"

"Eobhain Mac Dhùghaill."

"Ah! fine mo sheanamhar. A nis, Eobhain, 's e mo ghnòthuchsa do—Och! an cleòca cearr! Tha Niall mòr dìleas, ach tha e na 's fhaide 'sa chois na tha e 'sa cheann. Mar a bha mi 'g ràdh, 's e mo ghnòthuchsa do ghleidheadh gu cùramach, ach biodh sin a dol. Rach leinn an diugh, oir tha do sheòrsa dhìth air Napoleon, 's cha bhi cùram nach fhaigh thu suas 'san fhàradh fo 'sgéith. Agus a bhàrr air a sin, theid agad air seirbhis a dheanamh do d' chàirdean an uair a chiosnaicheas sinn Breatunn 's a bhios Boni ga 'riaghladh, agus cha mhisd thu mi-fhìn ri d' chùl gus do chuideachadh."

"Gabhaibh mo leisgeul," ars' Eobhain, "ma dhiultas mi 'ur tairgse chaoimhneil. Ach 's fhad o chuala sibh gu 'm brist aon sop a bharrachd druim a chamhail; agus mar an ceudna, cho treun 's cho ealanta 's gu bheil an lòd a tha Boni a' giùlan air a chur suas, tha eagal orm gu bheil sop a bharrachd air mar tha, ged nach biodh e 'feuchainn ri sopag eile 'chur os a chionn idir. A bhàrr air a sin," ars' Eobhain 's e deanamh gàire, "is cinnteach nach biodh ann do na Gàidheil ach leum as an teine do 'n ghriosaich; oir 's docha gur i sheanamhair a chuireadh e air mullach Beinn Nibheis ga 'r riaghladh, o'n tha e air na càirdean eile 'riarachadh mar tha."

Is gann gu 'n creideadh an seanalair a chluasan air dha so a chluinntinn, ach cha dubhairt e guth, ged a bha e 'g amharc gu math diombach.

"Tha 'n t-each deas ga 'ur feitheamh aig an dorus," arsa guth Nèill mhòir, 's e tighinn a stigh do 'n t-seòmair.

Thionndaidh an seanalair ris: "A Nèill mhòir," ars' esan, "faigh leth-dusan saighdear agus treoraich an Caimbeulach so do 'n t-seileir dhorcha gu h-ìosal a chuideachd nan rodan 's nan daol, o'n is e a's fhearr leis na cuideachd nam Frangach." Le so a radh thionndaidh an seanalair air a shàil is ghabh e mach.

Dh' éubh Niall mòr air na saighdearan, 's ga'm

[TD 44]

[Vol. 12. No. 6. p. 4]

fàgail a geard Eobhain, ruith e fhein a mach, ach bha e air ais an ceann tacain air éideadh an cleòca mor sgaoilte, is ghabh e air falbh leis a Ghàidheal do 'n phrìosan fo làr. Ràinig iad mu dheireadh staidhre dhorcha, 's a fàgail na saighdearan gu h-àrd ghabh Niall mòr 's a phrìosanach sìos, 's a tighinn gu dorus cumhann aig a bonn air a bhannadh le stàillinn, sparr Niall iuchair mhòr mheirgeach 'sa ghlais is dh' fhosgail e e.

“Gabh a stigh!” ars’ esan ri Eobhain gu feargach ann am Fraingeis air-son ’s gu ’n cluinneadh càch e. Agus an sin ann an cagar Gàilig thuirt e, ’s e aig a cheart àm a fosgladh a chleòca mhoir ’s a cur pasg trom an làmhan Eobhain, “So! gabh so ’s dean feum dheth. Agus,” ars’ esan, “na di-chuimhnich do charaid Niall mòr.”

Le so a ràdh dhùin agus ghlas e ’n dorus is ghreas e air falbh as déigh a mhaighstir.

(Ri leantuinn.)

DOMHNULL NAN ORD.

IS ann Mhac Iain Stiubhairt na h-Apunn a thàrmaich teaghlach Ionar-na-h-Aighle. B’ e Alastair, mac do Ailein an treas Mac Iain Stiubhairt, an ciad fhear dhiubh. Phòs e Mairearad nighean do Dhomhnull nan Lochan am Mùideart. Cha robh aca ach aon urra chloinne, Dòmhnall, agus thainig esan a stigh an àite ’athar. A réir coltais is ann an Eilein Stalcaire bha Alastair a’ tuineachadh. Moch maduinn shamhraidh dh’ éirich e ’s chaidh e do Eilein nan Gall, eilein beag a bha làmh ri Eilein Stalcaire. Thug e leis an tuagh-Abrach ’na laimh, ball-airm a bu tric a bh’ aig na Gàidheil ’s an àm ud. Rinn e sìneadh air lianaig ghuirm, ’s leig e thuagh air làr. Bha e fhein agus Fear Dhun-Staibhinnis a mach air a chéile agus ’s dualach gu ’m facas e ’san eilein: thàinig Cailein Uaine, bràthair Fhir Dhun-Staibhinnis, le daoine ’s bàta a ghabhail fàth air. Thàinig iad air gun fhios dha. An uair a thainig e am fradharc Alasdair, ghabh e air gur h-ann a thagairt càirdeis air a thainig e; ach, an uair a thuig e nach robh e air fhaicill, thug e sùil air an tuaigh a bha làmh ris an fhear eile air an làr, agus mu ’n d’ fhuair e dol air a thapadh rug e oirre ’na laimh-bha fhios gu math aige mur biodh e ealamh, gu ’m biodh daor an ceannach aige air a thurus, agus thuirt e, “Is math an tuagh so, ’Alastair, na ’m biodh a leòir samhaich innte?” Thuig e gu ro mhath ciod a bh’ air aire Chailein Uaine, agus gun tuilleadh éisdeachd, rug e air an tuaigh; ach thàinig na daoine aig Cailein agus chuir iad as da.

Cha robh Dòmhnall a mhac ach ’na mhaotharan air a’ chìch: bha e air bhanaltrumas aig Mòraig, bean Rob a’ Pheitidh, gobhainn Mhùideart. Cha d’ fhoghainn le Cailein Uaine bàs Alastair a bhi air a lamhan: chuir e roimhe cur as do ’n phàisde-bha fhios aige nach biodh a’ chùis gun aicheamhail. Ach cha deachaidh an gnothuch air mhìthapadh do mhuime Dhòmhnuille; thrus i leatha e, agus thug i Mùideart oirre leis, gun umhail do dhuine no do bheathach. Dh’ innis i do ’n ghobhainn mar a dh’ éirich, agus ’s e bh’ann gu ’n do dh’ aontaich iad an leanabh a thogail ’us àrach agus urra chloinne dhaibh fhein a dheanamh dheth, gun innse do choimhearsnach no do dhuine eile, gus an tigeadh e gu inbheachd.

Is ann mar so a bha. Chaidh Domhnull a thogail us àrach an teaghlach Rob a’ Pheitidh. An uair a thainig e gu gnè spionnaidh, bu tric leis làmh-chuideachaidh a thoirt do ’n ghobhainn ’s a’ cheardaich. Bha e

làidir, gramail; agus ciod sam bith ris an cuirteadh e cha chuireadh e cualag air, cha chuireadh 's gun fhios nach b' ann leis a' ghobhainn a bha e.

Latha de na làithean, an uair a bha e mu ochd bliadhn' deug a dh' aois, thuit da a bhi 's a' cheardaich. Dh' iarr an gobhainn air an t-òrd mor a thogail a bhualadh a mach tinne mhoir de dh' iarunn. B' òrd da-laimhe e do dhuine sam bith, 's cha b' ion do ghlas-ghiullan dol 'na dhàil air atharrachadh, ach rug Domhnull air 'na leth-laimh agus dh' obraich e leis 's cha bu luaithid anail e; agus cha 'n e sin a mhàin ach rug e air fear eile 's an laimh eile 's dh' obraich e leotha le buille mu seach, gus an do chuir e fhein 's a ghoistidh a mach an tinne. A ghoistidh choir, Rob a' Pheitidh, cha do ghabh e dad air; ach an uair a chaidh e stigh 's a fhuair e cothrom air Móraig dh' innis e dhi mu Dhomhnull. Is e bh' ann gu 'n do chuir a' chàraid chòir, cheanalta rompa gu 'n innseadh iad do Dhòmhnnull mar a bha 'chùis, co b' e, agus co leis am bu leis e. A leth taobh chuireadh fios air Dòmhnnull, agus dh' innis iad an diol déisneach a rinneadh air 'athair agus an caol-thearnadh a bh' aige fhéin. Bhui an sgeul so gu guineach, goirt ris; rug a ghoistidh eadar a ghlaicibh air: "A dhalta chridhe," ars' esan, "b' fheudar do d' oilein 's do d' ionnsachadh a bhi gus a nis an ceilt; ach tha dòchas agam nach dean thu dìmeas air d' fhuil, agus gu 'm bi cuimhne agad air cruadal nan daoine bho 'n d' thainig thu."

An sin thug an gobhainn da claidheamh, a rinn e a roghainn òrduigh, de smior an iarunn agus na cruadhach air a shàr fhadhairt, ag guidhe gu 'm biodh e 'na ìmpidh air a thoirt sàbhailt as gach cruadal, agus a theasraiginn bho gach gàbhadh us cunnart. Ghlac Dòmhnnull an claidheamh le faoilte gu fearghleus; 's cha do leig e le bharr-dheis laidhe fo mheirg 'san truaill. Chuir e roimhe an aicheamhail a thoirt a mach; ach mu'n gabhadh e dad os laimh leig e chùis am mèinn a mhuime. Chomhairlich ise dha dol gu bràthair a mhàthar, Domhnull òg nan Lochan. Ghabh bràthair a mhàthar ris le mùirn 's le fàilte, agus thairg e cuideachadh us comhnadh dha na 'n deanadh daoine us airgiod e, gus a chuid fearainn a ghleidheadh air ais dha-chail e e an uair a thuigeadh nach bu bheò esan—an t-oighre.

An uair a thill Domhnull do 'n Apuinn, agus a dh' innseadh mar a dh' éirich dha, thugadh a dh' aon fhacal "Domhnull nan òrd" air. Cha robh Nàdur lombais mu a gibhtean da; bha e gear-fhaclach, fileanta, làidir, iasgaidh, clis. Rinn na feartan inntinn us cuirp so e 'na roghadh 's taghadh a' chinn-fheadhna. Bu chulaidh-eagail do luchd-dòbheairt e; agus cha b' fhada gus an d' fhuair naimhdean a chinnidh 's a chàirdean fios-faireachdainn air sin. B' e 'n ceud ghnìomh a rinn e cur as do Chailein Uaine. (Is e fear de dhaoine Dhomhnuill nan òrd a chuir as do Chailein Uaine 's e a' snàmh thar Lìobhunn. "Is glan an fhuil a thug thu do bhrìc Lìobhunn," arsa fear de dhaoine Chailein 's e 'faicinn na saighde air chrathadh 'na uchd. "Bu ghlaic na sin," arsa fear de dhaoine Dhomhnuill, "an fhuil a thug thusa do phartain Eilein nan Gall.") Cha d' fhoghainn leis sin; cha do sguir e gus an do chuir e gu buil naoinear de thigh Dhunstaibhnis.

Cha b' fhada gus an d' thàinig gnìomharan Dhòmhnuille gu cluasan Mhic-Cailein, agus dh' fheuch e ri 'chur fo chis, ach dh' fhairtlich air; fhuair Dòmhnulle a mach gu 'n robh e a caitheamh foille air, agus 's e bh' ann gu 'n d' thug e taobh Loch Odha air 's gu 'n do thog e creach bho 'n tuath sin. Tha ceithreamh òrain fhathast air chuimhne mu 'n turus so:-

“Domhnulle nan òrd, dalt' a' ghobhainn,
Ailleagan nan lùireach leobhar,
Thog e creach bho thaobh Loch Odha,
Nach dian Mac-Cailein a toghadh,
No 'mhac, no 'iar-ogh', no ogha.”

Chuir deanadas Dhòmhnuille corruich nach bu bheag air Mac-Cailein, agus chuir e roimhe a chuid daoine a thogail agus greim a dheanamh air leis an laimh làidir. Ach chaidh e rithist gu 'smaointean mu 'n chùis agus chunnaic e aige fhein nach biodh e sàmhach dha-bha cinneadh a mhàthar na Mùideartaich agus na Camronaich ro lìonar làidir, agus 's e rinn e moidhein a chur air Mac Iain Stiubhairt dh'fhiach an d' thugadh e air Domhnulle sìth a dheanamh agus a' chreach a chur air a h-ais. Chuir esan agus cinn-fheadhna eile an cinn ri cheile, agus mhaoidh iad air mur deanadh e dìoladh-fiach agus sìth, nach tàirneadh iad claidheamh 'na aobhar ach gu 'n leigeadh iad eadar e fhein 's Mac-Cailein. Cha robh déidh aig Domhnulle air cur a mach air a chàirdean, agus smaoinich e gu 'n d' rinn e gu leor a dhiol bàs 'athar, agus 's e rinn e gun fhiamh gun eagal, gun duine ach e fhein 's a ghille, dol gu Mac-Cailein a shocrachadh na cùise. Thachair Mac-Cailein orra goirid bho 'n chaisteal, agus ma 's fhior is i so an fhàilte chur Domhnulle air:

“A Mhic-Cailein ghriomaich, ghlais,
Is beag an tlachd a th' agad dhìom;
'S 'n uair a philleas mi air m' ais,
Ma is mò a th' agam dhìot.”

Chaidh iad air sùrd còrdaidh; agus eadar feala-dhà 's a rìreadh is coltach nach robh a' ghlas-ghuib air Domhnulle; bu mhò us mor le Mac-Cailein a lachanaich-fàgail a lean cian ri 'iarmad, agus dh' iarr e air sealltainn air creig àraid a tha 'm braigh Aird'-Chonghlais-creig a tha gu math coltach ri ceann duine 's a bheul fosgailte. Dh' fharraid e an sin deth an robh fhios aige c' ainm a bh' oirre. Thuirt Domhnulle nach robh. “Is sud agad ma ta,” arsa Mac-Cailein, “an Gàire Grànda.” Thuig Domhnulle co air a bha e 'tighinn, agus an tionndadh na boise thuirt e:

“Gàire Grànda 's ainm do 'n chreig,
Us fanaidh i mar sin a ghnàth;
Gheibh thu leithid agad fhein,
Ma sheallas tu 'n eudann do mhnà.”

Is iad na cùmhnantan a chuir Mac-Cailein mu choinneamh, creach a thogail á Mùideart agus té eile á Atholl: bha e 'n dùil mar son gu 'n cuirteadh as da gun làmh a bhi aige fhein 'na bheatha. Dh'

aontaich Domhnull ri so, agus thug e Mùideart air. Dh' innis e do bhràthair a mhàthar an t-slighe air an robh e agus chuir e a chomhairle ris. Thuirt bràthair a mhàthair ris gu 'n robh daoine 's a choimhearsnachd a bu bheag air, agus na 'n togradh e gu 'm faodadh e an creach a thogail; agus an uair a thigeadh a' chùis gu chluasan-sa gu 'n cuireadh e an tòir air, air sgàth sgoinne, ach nach biodh ro-chabhag air. Is ann mar so a bha. Chaidh e an sin do Atholl 's rinn e an cleas ceudna. Thill e rithist gu Mac-Cailein 's rinn iad an réit.

Bha Domhnull turus a' tilleadh dhachaidh á Siorrachd Shriobhla far an robh e air cheann cobhartaich air choireiginn, agus thaghail e an tigh 's an robh banais gu bhi an oidhche sin. Cha d' rinneadh biadhtachd a b' fhiach riutha; agus 's e bh' ann gu 'n deachaidh iad an dàil biadh na bainnse agus a' chuid nach do dh' ith iad mhìll iad, agus thug iad ris a' bhruthach. Shin iad air Domhnull 's cha b' fhada gus an robh iad suas ris. Ghlaodh fear de na daoine riutha, a' fanaid orra air son na dh' òl iad de 'n eanbhruich:
"Stiubhartaich bhuidhe nan tapan,
A bheireadh glag air a' chàl."

Thug fear de dhaoine Dhomhnuill tionndadh air fhein, 's tàirnear e an t-saighead 's e freagairt:

"Ma tha 'n tapan againn mar dhùthchas,
Is dù dhuinn gu 'n tarrainn sinn taifeid."

[TD 45]

[Vol. 12. No. 6. p. 5]

Chuir e an t-saighead romh a chridhe, agus 's e bh' ann gu 'n deachaidh iad uile an dàil a chéile, 's thuit moran diubh air gach taobh.

Bha Domhnull pòsda da uair. Ris a' cheud mhnaoi, nighean do Iain Stiubhart am Bun-Raineach, bha ceathrar mhac aige-Alastair, a dh' eug gun phòsadh; Donnachadh, a thàinig a stigh 'na àite fhein; Ailein, o 'n d' thainig Tigh Bhaile-'Chaolais; agus Iain, ris an abairteadh Iain Dubh mac Dhomhnuill. Aig an fhear so bha Leitir-Shiùna.-An Gaidheal.

CATH NAN EUN.

BHA àm ann uair anns an robh na h-uile beathach is eun a' cruinneachadh gu cath. Thubhairt mac rìgh Cathair Shìomain gu 'n rachadh e a dh' fhaicinn a chath, agus gu 'n d' thugadh e fios cinnteach dhachaidh do dh' athair an rìgh co a bhiodh 'na rìgh air na beathaichean air a bhliadhna so. Bha 'n cath seachad mu 'n d' ràinig e, ach eadar aon fhitheach mòr dubh agus nathair, agus bha aogas gu'm faigheadh an nathair buaidh air an fhitheach. 'Nuair a chunnaic mac an rìgh so, chuidich e 'm fitheach, agus le aon bhuille

thugar an ceann de 'n nathair. 'Nuair a leig am fitheach anail, 'sa chunnaic e gu'n robh an nathair marbh, thubhairt e, "Air son do chaoimhneis dhòmhsa an diugh, bheir mise sealladh dhuit; thig a nios a nis air bun mo dhà sgéithe." Chaidh mac an rìgh suas air muin an fhithich agus mu 'n do stad e, thug e thairis e air seachd beanntaibh, seachd glinn, agus seachd mionaidhean. "A nis," ars' am fitheach, "am bheil thu faicinn an tigh' ud thàll; falbh a nis d'a ionnsuidh; 's i piuthar dhòmhsa a tha gabhail còmhnuidh ann agus théid mis' an urras gu 'r e do bheatha. Agus ma dh' fhoighneachdas i dhìot, 'an robh thu aig Cath nan eun, abair thusa, gu 'n robh. Agus ma dh' fheòraicheas i dhìot, am faca tu mo choltas-sa, abair thusa gu 'm faca, ach bi cinnteach gu 'n coinnich thu mise moch am màireach anns an aite so."

Fhuair mac an rìgh gabhail aige gu maith 's gu ro mhaith air an oidhche so-biadh dheth gach biadh, is deoch dheth gach deoch, uisge blàth d'a chasan 's leaba bhog d'a leasan. Air an ath latha, thug an fitheach an sealladh ceudna dhà thairis air seachd beanntaibh, seachd glinn, agus seachd monaidhean. Chunnaic iad bothan fad' uatha ach ge b' fhad uatha, cha b' fhada 'ga ruigheachd. Fhuair e gabhail aig' air an oidhche so gu maith mar an ceudna; pailteas biadh is deoch, is uisge blàth d'a chasan, 's leaba bhog d'a leasan. Air an treas maduinn an àit an fhithich fhaicinn, mar air na h-uairean roimhe, co thug coinneamh dha, ach an t-òganach a bu dhreachmhoire a chunnaic e riamh, agus pasgan aige na làimh. Dh' fhoighneachd mac an rìgh do 'n òganach so, am fac' e fitheach mòr dubh.

Thubhairt an t-òganach ris, "Cha 'n 'fhaic thu 'm fitheach tuilleadh, oir is mise am fitheach a bha 'sin; bha mi air mo chuir fo gheasasbh agus 'se thusa a choinneachadh a dh' fhuasgail mi, air son sin, tha thu a' faotainn a phasgain so. Nis," ars' an t-òganach, "pillidh tu air t' ais air a chois-cheum cheudna, agus bithibh tu oidhche anns gach tigh mar a bha thu roimhe; ach am bonn a tha agad ri dheanamh, 'na fuasgail am pasgan sin a thug mi dhuit, gus am bi thu anns an àite bu mhiannaiche leat a bhith còmhnuidh."

Thug mac an rìgh a chùl air an òganach, agus thug e aghaidh air tigh athar, agus fhuair e aoidheachd aig peathraichean an fhithich ceart mar a fhuair e 'dol air aghaidh. Nuair a bha e dlùthachadh ri tigh athar, bha e 'dol troimh choille dhùmhail; air leis gu 'n robh am pasgan a' fàs trom, agus smaoinich e gu 'n sealladh e gu dé a bh' ann. 'Nuair a dh' fhuasgail e 'm pasgan, cha b' ann gun iongantas a chur air fhéin. Ann am prioba na sùla, faicear an aon àite bu bhrèagha a chunnaic e riamh, caisteal mòr, agus lios, anns an robh na h-uile seòrsa meas is luibhean mu'n cuairt air a' chaisteal. Sheas e làn iongantais, agus aithreachais air son am pasgan fhuasgladh. Cha robh 'na chomas a chur air ais a rithist, agus bu mhiann leis an t-àite bòidheach so a bhith air an lagan bhòidheach uaine a bha fa chomhair tigh athar. Ach sùil do 'n d' thug e, faicear famhair mòr, 's e gabhail d'a ionnsuidh.

"'S olc an t-àite anns an do thog thu do thigh, a mhic an rìgh," ars' am famhair.

“Seadh, ach cha b’ ann an so bu mhiannaiche leam e ’bhith, ge do thachair e ’bhith ann gu tubaisteach,” arsa mac an rìgh.

“Ciod an duais a bheireadh tu air son a chur air ais ’sa phasgan mar a bha e roimhe?”

“Ciod an duais a dh’ iarradh tu?” arsa mac an rìgh.

“Ma bheir thu dhomhs’ a cheud mhac a bhitheas agad, ’nuair a bhitheas e seachd bliadhna dh’ aois,” ars’ am famhair.

“Gheibh thu sin ma bhitheas mac agam,” thubhairt mac an rìgh.

Ann am prioba na sùla chuir am famhair gach lios is gàrradh is caisteal ’sa phasgan mar a bha iad roimhe.

“Nis,” ars’ am famhair, “gabh thusa do rathad féin, ’s gabhaidh mise mo rathad féin; ach cuimhnich do ghealladh, ’s ged nach cuimhnich thusa, cha di-chuimhnich mise.”

Thug mac an rìgh an rathad air, ’s an ceann beagan laithean ràinig e ’n t-àite bu mhiannaiche leis; dh’ fhuasgail e ’m pasgan, agus bha ’n t-àite ceudna dìreach mar a bha e roimhe, agus an uair a dh’ fhosgail e dorus a chaisteail, faicear an òigh bu dhreachmhoire air an d’ thug e sùil riamh.

“Thig air t-aghaidh, a mhic an rìgh,” ars’ an nighean bhòidheach, “tha gach ni an òrdugh air do shon, ma phòsas tu mise, an nochd féin.”

“’S mis’ an duine a bhitheas toileach,” thubhairt mac an rìgh; agus air an oidhche sin féin phòs iad.

Ach an ceann latha is seachd bliadhna co ’m fear mòr a chithear a tighinn a dh’ ionnsuidh a chaisteal ach am famhair. Chuimhnich mac an rìgh a ghealladh do’n fhamhair, agus gus a so, cha d’ innis e do ’n bhan-rìgh a ghealladh.

“Leig thus’ eadar mise ’s am famhair,” ars’ a bhan-rìgh.

“Cuir a mach do mhac,” ars’ am famhair; “cuimhnich do ghealladh.”

“Gheibh thu sin,” ars’ an rìgh; “’nuair a chuireas a mhathair an òrdugh e air son a thurais.” Sgeadaich a bhan-rìgh mac a chòcaire agus thug i do ’n fhamhair air làimh e. Dh’ fhalbh am famhair leis, ach cha b’ fhad’ a chaidh e, ’nuair a chuir e slatag ann an làimh a ghille-bhig. Dh’ fheòraich am famhair dheth, “Na’m bitheadh an t-slatag sin aig t-athair, de ’dhèanadh e leatha?”

“Na ’m biodh an t-slat so aig m’ athair, ghabhadh e air na coin ’s air na cait na ’m biodh iad a dol a chòir biadh an rìgh,” ars an gille beag.

“’S tusa mac a chòcaire,” ars’ am famhair. Beirear air dha chaol

cois' air, agus sgleogar e ris a chloich a bha ri thaobh.

Thill am fahair air ais a dh' ionnsuidh a chaisteal ann am feirg is cuthach, is thubhairt e, mur cuireadh iad a mach dhàsan mac an rìgh, gu 'm b' e 'chlach a b' àirde a chlach a b' isle bhiodh do 'n chaisteal.

Thubhairt a bhan-rìgh ris an rìgh, "Feuchadh sinn fhathast e; tha mac a bhuidealair an aon aois ri ar mac féin."

Sgeadaich i mac a bhuidealair, agus thugar do 'n fahair e air làimh. Cha deach am fahair ach goirid, nuair a chuir e 'n t-slatag 'na làimh, "Na 'm bitheadh an t-slat so aig t-athair," ars' am fahair, "dé a dhèanadh e leatha?"

"Ghabhadh e air na coin 's air na cait 'nuair a bhiodh iad a tighinn dlùth air botail 's air gloineachan an rìgh."

"'S tusa mac a bhuidealair," ars' am fahair, is spad e 'n t-eanchainn as air an dòigh cheudna. Thill am fahair, ann am feirg is corruich ro-mhòr. Chrith an talamh fo 'bhonn, 's chrith an caisteal 's na bh' ann. "Mach an so do mhac," ars' am fahair, "oir ann am prioba na sùla 's e chlach is àirde 'chlach is isle bhitheas do 'n aitreabh."

'S e bh' ann gu'm b' eiginn mac an rìgh thabhairt do 'n fahair. Thug am fahair e d'a thigh féin, agus thog e mar mhac dha féin e.

Latha do na làithean, 's am fahair bho 'n bhaile, chuala an t-òganach an ceòl bu bhinne a chual' e riamh, ann an seòmar a bha 'm mullach tigh an fahair.. Sùil do 'n d' thug e, chunnaic e an aghaidh bu bhrèagha a chunnaic e riamh. Smèid i air e thighinn ni bu dlùithe dhì, agus thubhairt i ris, e dh' fhalbh air an àm so ach e bhith cinnteach e 'bhith anns an àite cheudna mu mharbh mheadhain na h-oidhche so; agus mar a gheall, choimhlion. Bha nighean an fahair ri 'thaobh ann am prioba na sùla agus thubhairt i ris, "Am màireach gheibh thu do roghainn ri phòsadh mo dhà phiuthar; ach abair thusa nach gabh thu a h-aon dhiubh ach mise; tha m' athair air son gu 'm pòs mi mac rìgh na Cathair Uaine, ach 's coma leam e."

Air an latha màireach, thug am fahair a mach a thriuir nighean is thubhairt e, "Nis, a mhic rìgh na Cathair Shìomain, cha do chaill thu air a bhith leamsa cho fada: gheibh thu air son bean aon do 'n dithis is sine do m' nigheanaibh, agus bithidh cead agad dol dhachaidh leatha, an déigh na bainnse."

"Ma bheir thu dhomh an té bheag bhòidheach so," arsa mac an rìgh, "gabhadh mi air t-fhacal thu."

Las fearg an fahair, agus thubhairt e, "Mu'm faigh thu sin, feumaidh tu na trì nithean a dh' iarras mis' ort a dheanamh."

"Abair romhad," arsa mac an rìgh.

Thug am famhair do 'n bhàthaich e. "Nis," ars' am famhair, "tha innear nan ceud damh an so, agus cha deach a chartadh o cheann seachd bliadhna. Tha mise 'dol o'n bhaile 'n diugh agus mar bi 'm bàthach so air a chartadh mu 'n d' thig an oidhche cho ghlan 's gu'n ruith ubhall òir o cheann gu ceann dith, cha 'n e mhàin nach faigh thu mo nighean, ach 's e deoch dhe d' fhuil a chaisgeas mo phathadh a nochd."

Toisichear air cartadh na bathaich, ach bu cheart cho maith teannadh ri taomadh a chuain mhòir. 'N déigh mheadhoin-latha 's am fallus 'ga 'dhalladh thàinig nighean òg an fhamhair far an robh e 's thubhairt i ris, "Tha thu 'ga d' phianadh, a mhic an righ."

"Tha mi 'n sin," arsa mac an rìgh.

"Thig a nall," ars' ise, "agus leig do sgios."

"Ni mi sin," ars esan; "cha 'n eil ach am bàs a feitheamh orm co dhiu."

Shuidh e sios làimh rithe. Bha e cho sgith, agus gu 'n do thuit e 'na chadal ri 'taobh. 'Nuair a dhùisg e, cha robh nighean an fhamhair ri fhaicinn; ach bha bhàthaich cho glan cairte 's gu 'n ruitheadh ubhall òir bho cheann gu ceann dhith.

'Steach thigear am famhair, 's thubhairt e, "Chairt thu 'm bathach, a mhic an righ."

"Chairt mi," ars' esan.

[TD 46]

[Vol. 12. No. 6. p. 6]

"Chairt neach éiginn i," ars' am famhair.

"Cha do chairt thus' i co dhiu," thubhairt mac an righ. "Seadh! seadh!" ars' am famhair, "bho 'n a' bha thu cho tapaidh an diugh, gheibh thu gus an àm so am maireach gu tubhadh a bhathaich so le clòimh éoin gun dà ite air an aon dath."

Bha mac an rìgh air a chois roi 'n ghréin. Ghlac e a bhogha 's a bhalg-saighead a mharbhadh nan eun. Thug e 'm monadh air, ach ma thug, cha robh na h-eòin cho furasda ri 'm faotainn. Bha e a ruith nan déigh, gus an robh am fallus ga 'dhalladh. Mu mheadhon-la co 'thigeadh ach nighean an fhamhair.

"Tha thu ga d' phianadh, a mhic an righ," ars' ise.

"Tha mi," thubhairt esan; "cha do thuit ach an dà lon dubh so, agus iad air aon dath."

"Thig a nall, 's leig do sgios air a chnocan bhòidheach so," arsa

nighean an fhamhair.

“’S mi tha toileach,” thubhairt esan. Smaoinich e gu ’n cobhaireadh i air air an àm so cuideachd. Shuidh e sìos làimh rithe, ’s cha b’ fhad a bha e ’n sin gus an do thuit e ’na chadal; agus a nuair a dhùisg e, bha nighean an fhamhair air falbh. Smaoinich e tilleadh thun an tighe, ’s faicear am bàthach tubhte leis na h-itean.

’Nuair a thàinig am fhamhair dhachaidh thubhairt e, “Thubh thu ’m bathach, a mhic an rìgh.” “Thuibh mi,” ars’ esan.

“Thubh cuid-eiginn i,” ars’ am fhamhair.

“Cha do thubh thusa i,” arsa mac an rìgh.

“Seadh! Seadh!” ars’ am fhamhair. “’Nis,” ars’ am fhamhair, “tha craobh ghiubhas ri taobh an loch ud shìos agus tha nead pioghaid ’na mullach. Na h-uibhean a gheihh thu anns an nead, feumaidh iad a bhì agamsa gu mo cheud-lòn; cha ’n fhaod a h-aon a bhith sgàinte no briste, agus ’s e còig a tha ’san-nead.”

Moch ’sa mhaduinn, dh’ fhalbh mac an rìgh far an robh a chraobh, ’s cha robh sin duilich amas oirre. Cha robh a leith-bhreac ’sa choill’ air fad. Bho ’bonn gu ruig a ceud mheanglan, còig ceud troidh. Bha mac an rìgh a dol ceithir thimchioll air a chraoibh. Thàinig ise ’bha daonnan a deanamh furtachd dha: “Tha thu air call craiceann nan làmh ’s nan càs, a mhic an rìgh.”

“Ach tha,” ars’ esan, “cha luaithe shuas na shìos mi.”

“Cha ’n àm fuireachd so,” arsa nighean an fhamhair. Shàth i meur an déigh meur, gus an d’ rinn i fàradh do mhac an rìgh gu dol suas do nead na pioghaid. ’Nuair a bha e aig an nead, thubhairt ise, “Dean cabhag a nuas leis na h-uibhean, oir tha anail m’ athar a’ losgadh mo dhroma.” Leis a chabhaig a bh’ air-san, dh’ fhàg ise ’lùdag am mullach na craoibhe. “Nis,” ars’ ise, “théid thu dhachaidh leis na h-uibhean gu luath, agus gheibh thu mise ri phòsadh a nochd ma dh’ aithnicheas tu mi; bithidh mis’ agus mo dha phiuthar air ar n-éideadh anns an aon trusgan, agus air ar deanamh coltach ri’ chéile. Ach seall thus ormsa ’nuair a their m’ athair, falbh le d’ mhnaoi, a mhic an rìgh; agus chì thu làimh gun lùdag.”

Thug e na h-uibhean do’n fhamhair. “Seadh! seadh!” ars’ am fhamhair; “bì ’deanamh deas chum do phòsadh.”

(Ri leantuinn.)

CAILEAN BEAG,

MAC DHUGHAILL ’IC IAIN.

’S E duine innleachadh a bh’ ann an Cailean, ach cha b’e duine a bh’ ann idir aig an am mu ’m bheil mi nis a’ dol a labhairt, ach balach.

Ciod e 'sam bith an toil inntinn a bha e faodainn ann a bhi cur chon agus choileach a shabaid, tha e duilich a thuigsinn, ach cha robh innleachd a bha 'na cheann-agus bha iad lionar-nach feuchadh e gus an obair bhorb ud a thoirt mu'n cuairt. 'S minig a b' fheudar do dh' Eilidh ruadh, te a mhuinntir a' bhaile anns an robh Cailean a chòmhnuidh, dol air chasaid air Cailean, agus 's minig a fhuair Cailean-mar a theireadh e fein-a laimhseach air tàileamh casaidean Eilidh.

Bha coileach briagha aig Eilidh-Coileach Gallda, torcunn <eng>(dorking), <gai> mar a theireadh i fein, agus 's minig a chaidh aig Cailean air a' choileach aig Eilidh a chur a shabaid ris a' choileach aig Mòr an t-Srath; agus chuireadh sud Mòr an t-Srath agus Eilidh a throd, agus chòrdadh cath nan coilaách ri Cailean gu gasda.

Ach ged a b'e 'n coileach aig Eilidh eun bu truime na 'n t-eun eile, 's e am bitheantas a bha faodainn na cuid bu mhiosa dheth; agus thug sud air Eilidh a h-uile rud a b' urrainn i a dheanamh gus na h-eòin a chumail o chéile; agus bha sud a' fàs ni b' fhasa a dheanamh o na bha an t-eun fein a' fas coma de 'n obair anns an robh daonnan tuille call na buannachd. Ach air latha araidh, fhuair Cailean an cothrom, agus bha e a' deanamh a dhìchill gus na coilich a chur a shabaid, ach cha rachadh na coilich a shabaid air a shon. Co dhiu, fhuair e greim air na coilich, agus cheangail e air earball le ròpa iad. Bha fios aige gu 'n cuireadh sud na cait ann an sgòrnaibh a chéile; 's o 'n a chuireadh e na cait ann, c'arson nach cuireadh e na coilich.

Ach bha Cailean air a mhealladh le bheachd fein an uair ud; cha rachadh na coilich a shabaid idir anns an dòigh ud; 's ann a bha an darna fear a' tarruing an fhir eile greis ma seach. Mhòthaich Eilidh do na coilich, agus a nùnn a bha i 'na ruith, 's i ann am beachd gur h-ann a' shabaid a bha iad; ach an uair a chunnaic i mar a bha, 's ann a dh' eirich spiorad uaibhreach àrdanach innte an aghaidh an neach a rinn an gnìomh mollaichte ud, mar a thuirt i fein. Dh' fheuch i ri breith air na h-eòin gus an leigeil ma réir, ach dh' fhaodadh Eilidh a ràdh mu na coilich mar a thuirt Donnachadh Ban mu 'n eilid-

"'N uair a shaoil mi i bhi buailte,
Sud an uair a b' àirde leum i."

An uair a shaoil Eilidh gu 'n d' fhuair i greim air na coilich, sud an uair a b' airde leum na coilich. Ach leis na leumannan a bh' ann thainig an t-earrbal ás a' choileach aig Mòr an t-Srath, agus dh' fhaodadh coileach Eilidh, a bhi mòr as fein an latha bh' ann a sud: chaidh e dhachaidh agus dà earball aige.

Cha 'n 'eil teagamh nach robh amharas aig Eilidh gur h-e Cailean a rinn an droch gnìomh ud; ach cha bu toil leatha dol a chasaid air o nach robh i cinnteach. Cha b' fhada gus an d' fhuair i dearbhadh-no co dhiu, na bha 'na dhearbhadh gu leòir le Eilidh. Thachair boirionnach oirre a thuirt rithe gu 'm faca ise Cailean agus coileach anns gach achlais aige. Bu leòir sud. A mach a ghabh Eihdh

gu tigh Dhughail 'Ic Iain, a dhol a chasaid, turas air am minig an deachaidh i roimhe sud.

Mar a thachras do gach neach aig nach bi coimhseas glan, cha robh Cailean fuasach socrach ged a bha e stigh 'na shuidhe; bha e a' sealtainn troimh an uinneag an dràs 's a rithisd gus am faca e Eilidh a' tighinn, agus an sin smaoinich e gu 'm b'e 'n gliocas dhàsan a chasan a thoirt leis ris a' bhruthach, agus bha e a' gabhail a mach air a shocair fhein, gu fàilidh, air eagal gu'n tugadh neach 'sam bith an aire dha. An uair a ràinig e faisg air an dorus, chunnaic e gu'n robh a' mhuc mhòr, 's a ceann ann an soire, as an robh i ag itheadh biadh a chaidh a thoirt dhith. An sin bhual rud-eiginn eile ann an inntinn Chailein. Thill e air ais agus fhuair e an ladar; bha poit làn uisge air ghoil an crochadh ris an t-slabhraidh, agus thog e steall as a' phoit leis an ladar, agus ghabh e sìos a chatha, gun neach a thoirt an aire do'n rud a rinn e. An uair a chuala e fuaim coiseachd Eilidh, agus a chunnaic e a faileas a' dùbhradh anns an dorus, thilg e an t-uisge goileach a bh' aige anns an ladar air druim na muice. Cho clis ris an fhùdar ris an rachadh sradag theine, bha 'mhuc a mach air an dorus, a chruinn-leum, a' dol mu chasan Eilidh agus 'ga togail leatha air a druim, agus ma sheinn muc riamh ceòl, sheinn muc Dhùghall Ic Iain ceòl-mòr an latha bh' ann a sud. Ach ma sgriach a' mhuc, neo-ar-thainig mur do sgriach Eilidh. Cha robh duine beag no mòr a bha stigh nach do leum a mach cho luath 's a b' urrainn iad. Cha robh Eilidh 'na bana-mharcaiche mhath agus cha deach aice air fuireach 'na diolaid fuathasach fada, agus an uair a thàinig a' chuideachd a mach, fhuair iad 'na sineadh air an làr i, agus fad 's a bha càch a' cuideachadh Eilidh gu éirigh, bha Cailean a' toirt a' mhonaidh air, far an d' fhuirich e fad an latha, gus na chuir an oidhche agus eagal nam bòcan dhachaidh e.

Naidheachdan.

Tha an cóigeamh la deug dhe'n ath mhios air a chur air leth air-son La Taingealachd. Tha e mar sin ri bhi air a chumail am bliadhna mu'n aon àm 's a bha e 'n uiridh. Bliadhnachan roimhe sin bhatar ga 'chumail ro-anmoch air-son a bhi freagarrach do'n dùthaich so.

Tha Padruig, rìgh Servia, a' faighinn thrioblaidean gu leòr. Tha e air a chuartachadh leòsan a mhort am fear a bh' air a chrùn roimhe, agus cha'n eil fhios aige nach tachair dha fhein mar a thachair dha'n fhear sin. Tha sùil shanntach aig Russia air Servia, agus tha a h-oifigich air an aobhar sin gun tàmh a' brosnachadh aimhreit. Tha Padruig a bagradh mur dean Ruisia na's fhearr ris na tha i deanamh aig an àm so gu'n leig e 'n crùn uaithe.

Tha na paipeirean ag innse gu robh cuid de na buanaichean a dh' fhalbh as na Roinnean Iochdrach gu'n giùlan fein gu mi-rianail air an rathad do'n Iar Thuath. Ann an aon bhaile beag an Cuebec rinn iad troimhe-cheile fuathsach. Bha'n t-òl, mar is àbhaist, aig bun na h-aimhreit. Tha deoch làidir ga chreic gu pailt ann am bailtean, beag is mor, an cois an rathaid-iaruinn. Fhad 'sa bhitheas faodar a bhi

cinnteach gu'n eirich tuasaidean am measg luchd gabhail an rathaid nach eil ga thur sheachnadh.

RUN AN IUDHACH.—O cheann beagan do bhliadhnachan thòisich na h-Iùdhaich air coinneamhan a ghleidheadh a ghabhail comhairle r'a chéile mu'n dleasnas a thaobh an seann dùthaich féin. Ach cha'n 'eil iad buileach aonsgeulach mu'n cho-dhunadh. Ma théid iad a steach a cheannach Phalestine tha eagal orra gu'n tig an Ruisianach aon là an sgrìobadh às an tìr. A bharrachd air sin tha e soilleir nach 'eil iad gionach air dol dhachaidh do thìr nach 'eil a nis co-dhiù a' sruthadh le bainne, 's le meala, 's le fìon. Chaochail saothair an duine agus mar thoradh na mallachd thàinig an Turcach a steach 'nuair bha cupan an Amoraich anns an t-seadh so làn. Uime sin cha'n 'eil na h-Iùdhaich dian ann a bhi 'g iarraidh dhachaidh do'n t-seann dùthaich. Air dòigh no dhà tha i cho cruaidh creagach ri Wales agus mu'n aon mheud. Ach tha tairgse eile aig na h-Iùdhaich. Tha fearann neo-àitichte farsuinn ann an taobh Sear Africa far an do thog sinne Railway aig costus mhiltean do òr agus tha cuid do'n tìr air a tairgse do na h-Iùdhaich le Breatunn far am feud iad greim fhaotainn air cuid do uachdar na talmhainn anns am feud iad mar chinneach clos fhaotainn d'an casan ànrach. Co-dhiù a tha oidhirp do'n t-seòrsa so glic no nach 'eil tha cothrom do thomhas saorsa aca anns an rathad so.—<eng>Ohan Times.<gai>

[TD 47]

[Vol. 12. No. 6. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>

FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &c., &c.

<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA.<gai>
CORPAICHTHE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:
<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.
<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha BANCA-CAOMHNAIDH ann anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3%'sa bhliadhna.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fharr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fharr agus na Fasain a's ùire.

[Dealbh]
A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE
dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glaskan

Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.
J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.
M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.
<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

Thachair sgiorrachd muladach aig <eng>Sydney Mines<gai> Di-luain s'a chaidh. Bha dithis ghillean le Iain Young, fear tri 's fear ceithir bliadhna dh' aois, a cluich an feadh an taighe, agus fhuair iad greim air daga bha ann an drathair. Dh' fhalbh an urchair as an daga 's chaidh am peileir an ceann fir dhiu. Dh' fhairtlich air na dotairean am peileir fhaotainn, agus chaochail an gille.

Chaidh Ioseph Organ, sgiobair soithich, a bhàthadh ann an Sidni Tuath air an t-seachdain s'a chaidh. Chunnacas e mu dheireadh feasgar Diardaoin, agus fhuair e a chorp fo cheidhe ghuaill feasgar Di-luain air an t-seachdain so. Thatar dhe'n bharrail gu'n do thachair an sgiorrachd 'se 'dol air bòrd an t-soithich an deigh dorchadh na h-oidhche, gun do bhuaill a cheann an aon de na maidean, agus mar sin nach robh na 'chomas éigheach air-son cuideachaidh. Bha e mu leth-cheud bliadhna dh' aois, agus dh' fhàg e bean is teaghlach ann an Sasunn.

Bidh moran de'r leughadairean duilich a chluinntinn gu'n do chaochail Uisdean Mac-Fhearchair, mac do'n Urr. Alasdair Mac-Fhearchair nach maireann. Cha robh e tinn ach latha no dha; roimhe sin bha e na shlàinte àbhaistich. Bha an Dotair Stiubhart á Halifax air a thoirt ga ionnsuidh oidhche Di-sathuirne, ach a dh' aindeoin gach ni a rinneadh, chaidh e na bu mhiosa agus chaochail e oidhche na Sàbaid. Bha e da bhliadhna' air fhichead a dh' aois, na ghille ciùin, caoibhneil, air an robh mor mheas. Bidh a bhàs na bhuille ghoirt do'n teaghlach, agus na dhuilichinn mhor d' an càirdean 's do'n luchd-eòlais.

Chaochail an t-Urr. Gilleasbuig Mac-Coinnich, sagart <eng>Low Point,<gai> seachduin gus a bhòn-dé. Bha e air a bhualadh tinn la na Sàbaid roimhe sin 's e a' searmonachadh 'san eaglais, agus bha e sior dhol na b' ìsle gus 'n do chaochail e. Bha e na 'shagart o chionn da fhichead bliadhna 'sa tri. Seachd bliadhna fichead bha e saothreachadh ann an Creiginis, agus o'n bhliadhna 1887 bha e ann an <eng>Low Point.<gai> Bha e tri fichead is ochd bliadhna dh' aois. Bha e measail aig a shluagh féin agus acasan uile aig an robh eòlas air. Bha e air a thiodhlacadh aig Eilein Christmas, an t-àite 'san d' fhuair e bhreith is 'àrach,

HO RO, MO RUN, GUR CANNACHTHU

LE DONNACHADH BAN CAMARAN.

LUINNEAG.

Ho ro, mo rùn, gur cannach thu,
Ho ro, mo rùn, gur meallach thu;
'S tu 'n òg-bhean bhòidheach, chuimir, shuairc,
A fhuair mo luaidh 's cha 'n aireach leam.

'S tu 'n tuairneag shuaicheant', shàr-mhaiseach,
Le d' chuailean cuachach, fàinneagach,
Mu chùl do chinn na 'laighe sliom,
'S gur math thig cìr an càradh ann.

Mar eal' a snàmh nan linneachan,
Mar uainean bàn 's an fhireach thu,
Mar uiseig chiuin bhinnich nan speur,
'S mar fhuaim nan teud tha m' annsachd-sa.

Mar tholman fo bhrat neoinean thu,
Mar lili bàn nam mor-bheann thu;
Mar osaig chiùin air aghaidh flùir
Tha anail chùbhraidh m' òg-bheansa.

Mar shoills nan reul do thlàth-shuilean,
Mar dhaoimean ann an sgàthan iad;
A sealltuinn caomh le 'n làn de ghaol,
'S gu bheil gaeh aon fo thàir leotha.

Chaochail Donnachadh Bàn Camaran an Astralia.

GLEANN DARUAIL.

LE IAIN SINCLAIR AN EILEIN A PHRIONNSA.

FONN:—Cumha Airdmèarnaig.

Slàn le gleanntan mo ghaoil,
Is le beanntan an fhraoich
Dhosaich, ghucagaich, chaoin, làn glòir

Le 'shugh meal' agus céir
Aig na beachan 'sa ghréin,
'S iad ga 'n sàsach' gu réidh le sògh;
'S e na fhasgath ri fuachd
Do na caoraich 's do 'n uain,
'S do na cearcagan ruadh, na lòn.

Slàn le bànrúinn gach glinn
Gleann daruail mo chrìdh',
Far an d' àraicheadh mi o m' òig';
Gleann nan coilltean 's nan raon,
Gleann nan glacag 's nan craobh,
Gleann nan aighean, nan laogh 's nam bò,
Gleann nam bradan, 's nan grìs,
Gleann nan cam-lùban mìn,
Gleann a's pailte 'san cinn gach pòr!

Far am binne na h-eòin,
Far an grinne na h-òigh'n,
'S iad gu ceileireach, ceòlmhor, còir;
Modhail, beusach, gun ghruaim,
Teistheil, cùirteil, ciùin, suairc',
Tuigseach, fòghluimte, stuaim, gun phròis;
Dreachail, meachair, gun mheang,
Ann am pearsa 'san cainnt,
'S iad deas, nòsail, gun sgraing, gun sgleò.

A's na fleasgaich is àill',
Foinnidh, fearail làn bàigh,
Uasal, smearail, air sràid 's aig mòd;
'S iad àrd-inntinneach, dian;
'S anns an tìr am mor mhiadh;
'S iad a sheasadh gun fhiamh a chòir;
'Rachadh foirmeil gu strì,
'Bheireadh naimhdean fo chis,
Is nach géilleadh gu siorruidh beo.

Mun cuir gleann 'tha mu 'n cuairt
Dheth trom chrann-dachd an fhuachd,
Bidh Gleann àillidh mo luaidh-s' na ghlòir;
Bidh chraobh-ubhal fo bhlàth,
Bidh an duilleach aig 'fhàs,
'S ceileir cuthaig an sgàth nam fròg;
'S Mac-Gilleain le 'phiob,
'N àm na gréin bhith 'dol sìos,
A toirt fuaim às an trì le 'cheòl.

'Achadh-teangain an àigh,
Soraidh slàn leat gu bràth,
'S leis gach neach a tha 'tàmh air t' fhòid.
Slàn le cuideachd mo ghràidh,
Slàn le m' athair 's le m' mhàth'ir,
Slàn le m' pheathraichean bàigheil, òg;
Slàn le m' bhràithrean gu léir,

Slàn le m' chàirdean 's luchd-spéis,
Slàn le uiseag nan speur 's a ceòl!

'S éiginn dòmh-sa nis triall,
'Dh-fhàgail dùthaich nan triath,
Is nam filidh, nan cliar, 's nan seòd;
Tir na h-earba, 's an fhéidh,
Agus iolair nan speur,
Is na h-eala, nam peuc, 's nan còrr;
Tir nan sìthean, 's nan cruach,
Is nan dùn, is nam bruach,
Tìr nan doire, nan cluan, is nan còs.

Ged tha 'n tir so lan bhuadh,
'S iomadh diomb 'tha rith' fuaight';
Cha chum ceileir na cuaich rium lòn.
Tha na fearainn ro dhaor,
Is na tuarasdail saor,
'S cha 'n fheil farraid air saothair dhaoin òg.
Ach fo 'siùil 'nis tha 'n long.
'Tha gu m' aiseag thar thonn,
Gu Astralitha, fonn an fheòir.

ORAN SUGRAIDH.

LE IAIN MAC COINNICH.

LUINNEAG.

Hoireann o gur mi tha tùrsach,
Thriall mo mhànrán, dh'fhàg mo lùgh mi,
Cha 'n fheil càil agam gu sùgradh,
Gus am faic mi rùn mo chéille.

'S truagh nach robh mo chaileag ghreannar
Mar rium fein fo sgéith nam beanntan;
Far am biodh a chuthag shamhraidh
Seinn 'sa ghleann an àm dhuinn éirigh.

[TD 48]

[Vol. 12. No. 6. p. 8]

Laidhinn oidhch' 'sa choill ri ceò leat,
Far nach cluinneadh Goill ar còmhradh;
Barrach nan crann ga nar còmhdach,
Gus an éireadh deò na gréin' oirnn.

Bheirinn ruaig a bhuaib nan cnò leat,
A ghuanaig a ghluasaid mhòdhair,
Far am bi coileach na smeoraich
'Cuir fàilt' air an lò 'sna geugan.

Tha do ghruaidh mar shnuadh nan ròsan,
Cha chuir sin ort uaill no mòrchuis,
Ged is gil' thu, 'luaidh, na 'n t-òinean,
'S na canach nan lon 'sa chéitean.

B'e mo mhiann is trian de m' àilleas,
Teannadh dian ri bial do mhànrain,
Cha 'n fheil ciall, no rian, nach fàg mi,
Mur a tàr mi bho 'n a Chléir thu.

Tha thu aoidheil, caoibhneil, càirdeil,
Gun ghìomh, gun uabhar, gun àrdan,
Ged a fhuair mi 'measg na gràisg thu,
Bhiodh 'san t-sàile tarruinn éisg as.

Gu 'n d' fhuadaich iad mi 's tu Mhàiri
Gu còsan nan creag mar fhàrdaich;
'S bu cheol duinn fuaime nan tonn gàireach
'Ruith gu tràigh gu càir-gheal, beucach.

'S trom mo chridh' an diugh ga t' fhàgail
Aig na Gallaich, b'e mo chàs e,
'S nach earbainn thu ri mo bhràthair,
Ged 's mac mo mhàthar féin e.

Ged a thàr mi nise triall bhuat,
Air m' fhacal cha b'e mo mhiann e;
B' fhearr leam thu na nighean iarla,
Gun dad ga do dhion ach léine!

Ach, a rùin, cha doir mi fuath dhut,
A dh' aindeoin na their an sluagh rium,
Ged a thogadh iad ort tuaileas,
Their mise gur buaitheam bréig e.

ORAN A' MHATHAIN.

Tha an t-oran air a dheanamh mar gu 'n rachadh duine as déidh a'
mhathan le gunna, agus gu 'n digeadh e cho dlùth air 's nach robh
cothrom aig a' mhathan air teicheadh. 'S e rinn e, ma b' fhiar,
labhairt ris an duine mar tha 'n t-oran ag innseadh.

AIR FONN—"Mór Chillum."

AN DUINE.

"Moch 'sa mhaduinn rinn mi triall,
Le cuilbheir gun fhiaradh agam,
Chunnaic mi fear dubh na spòg
Na ònar aig taobh an rathad;
Thainig mi stigh air cho dlùth,
'S nach d' fhuair e ùin' air dol na tharruing,
'S dh' innis e gach car chuir e riamh dheth,

O'n rinn e triall as a gharaidh."

AM MATHAN.

"Ged a fhuair thu tighinn ga m' ionnsuidh,
'S tu falbh air d' ghlùinean ga d' fhalach,
Cha tug mise mart no laogh bhuat,
'S cha d' rinn mi caora leat fheannadh;
'S ged a tholl thu air do thriùsair,
'Tighinn ga m' ionnsuidh leis na caran,
Seall air a chothrom a fhuair Daibhidh
Air Rìgh Saul 's cha d' rinn e spadadh.

'S gu'n robh sinn ann ceathrar bhràithrean,
Ged tha pàirt diubh nach 'eil maireann,
B' ann diubh Claraidh agus Fearchar,
Fhuairiadh an sàs iad fo mhaidean,
Cha 'n 'eil sgeul agam air Fionnladh,
Mur deachaidh e an grunn na maiseadh,
Mise ga 'n ionndrainn 's ga 'n caoineadh,
Bràithrean mo ghaoil nach tig dhachaidh."

Labhair e 'sin le guth fann:
"Tha mise air fàs mall, a charaid,
Ged tha gach duine 'tha mu 'n cuairt
Ag iarraidh mo bhualadh thairis;
O'n mhill an déideadh mo dheudach,
'S tha mo léirsinn air a dalladh,
'S mo spògan air fàs cho maol,
'S nach dìrich mi an craobh ach ainneamh.

B' eòlach mi mu Allt Mhic-Càra,
'S iomadh là chaidh mi air thairis;
Bha mi aig a mhuileann shàbhaidh,
'S oidhch' am bàthach Iain 'ic Eachainn;
'S bha mi 'n clìreadh Aonghuis Mhàmaidh,
'S tric a bhà mi ann ga m' fhalach;
Bha mi oidhch' ag ithe càthadh,
Aig muileann àrd Raoghaill 'ic Callum.

Bha sinn oidhche an Gleann Bòcan,
Far an d' rinn sinn mòran calla:
Ach 's e Claraidh 'rinn an eucoir,
Bha choire gu léir m'a chasan;
Thuirt sinne gu 'n robh e gòrach,
Is gun dòigh air gin diubh shailleadh,
Cuiridh sinn co dhiubh 'san fhang iad,
Ged a tha sinn gann de shalann.

Bha mi oidhche shios air chuairt,
'S mharbh mi 'n gamhainn ruadh air Ailein;
Chuir mi an damh breac bh' aig Ioseph
Ann an linne mhoir 'sa mhaisidh;
Ghoid mi piatan a bh' aig Mìcheil,

'S e fhein na shìneadh na chadal,
'S dh' ith mi pàirt dheth air mo dhìinneir
'S an t-seann chlàreadh a bh' aig Callum.

'S iomadh àit' an dug mi cuairt,
'S bha mi shuas an gleann a falach:
Bha mi 'n sabhal Dhomhuill 'ic Neill,
'S cha d' rinn mi sian ann as an rathad,
Ach gu'n chagainn mi iall sùiste
'Fhuair mi suainte ann air tarrang,
'S dhòirt mi barailt' 'san robh siol aig',
'Nuair leum mi sios far an fharaidh.

Latha dhomh 's mi falbh leam fhìn,
Thainig Innseanaich na 'm charamh,
Tighinn le tuaghannan ga m' ionnsuidh,
Bha fear dhiubh 'giulan sgian-tharruing;
Chruinnich iad mu 'n cuairt na 'n sgaoth dhomh,
Gus mo chuir an craoibh gu h-ealamh,
'S cha chluinninn guth ach Sabasi,
Gus na thàr mi as an sealladh.

'S gur a mise 'tha gu tùrsach,
O'n bha mi aig cùirt nan cailleach,
Nàraich iad mi, 's iad a còmhdach
Gu 'n robh mi 'g òl an cuid bainne;
Cha robh tlachd aca dha m' sheòrsa
'Bhi tighinn air còrsa a bhaile,
'S iad bhi faotainn an còmhnuidh
Làrach mo spògan 'san talamh.

Fhuair iad coireach mi 'sa chùirt,
'S iad na <eng>juries<gai> 'rinn am breamas;
Chaidh an siorram air mo thòir,
'S gu 'm bu ghòrach e ga m' leanailt;
As mo dhéidh a sud le dhùdaich,
Gus na thùch air fad an latha:
'S mise 'sa chraoibh leamhain mhoir
'S a bheil an toll, aig ceann na maiseadh.

'S gur a diombach mi do 'n t-sluagh
'Tha 'n dràs' air uachdar an fhearainn,
'S gun sian a dh' iochd aca ri creutair
'Bhios leis fhein air feadh nam beannan;
Tha gach duine 'n ard 'san iosal
'Cur thrap is lion ann am charamh;
'S ged bha mi an geilt roimh Thearlach,
'S e caraid a b' fhearr a bh' agam.

'S ann air Claraidh 'bha am bian,
Gur esan a bu chiatach lainnir:
'S àlainn ann an <eng>carry-all<gai> thu,
'N déidh do chàradh anns an fhasan;
Air a sgaoileadh mu na h-uaislean,

'Cur eagal air fuachd 's air cathadh,
'S cuid eile 'chiasan an truaghan
Suaint' air uachdar an casan.

'S gur tric mi smaointean an còmhuidh,
Far an robh sinn òg a fantuinn,
A cleasachd ann an còs craobhaidh,
'S càch a tarruing chaorach dhachaidh;
'S ann a bha an leaba mhìn,
'Dh' fhóghnadh do'n Rìgh tha mi 'm barail;
'S e tarrachal bh' air seann Ghi-hoe
Bha againn mar bhousdair gu cadal.

Fhuair mi an t-oran éibhinn so o Dhomhnull Mac Eacharn a mhuinntir
Creighnish an siorrachd Inbhirnis. Tha Domhnull na 'sheinneadair
math, agus cha 'n 'eil crìoch air na th' aige de dh' orain. B' e
Alasdair mac Eóghain bhàin, a rinn iomadh oran gasda, brathar a
sheanamhair; agus cha chreid mi nach 'eil grìd na bàrdachd ann an
Domhnull fhein. Bha Alasdair a fuireach ann an Interval Shiudaig.
Cha robh fios aig Domhnull co 'rinn an t-òran so.

PEIGIDH PHABACH.

<eng>The Canadian Bank of Commerce<gai>
RIS AM BHEIL AIR AONADH
<eng>THE HALIFAX BANKING COMPANY.<gai>

Earras Paidhte \$8,700,000
Airgiod Taimh 3,000,000

ARD OFIS, TORONTO.

AN T-ONORACH DEORSA A. COX,
Ceann-Suidhe.

B. E. WALKER,
Ard Mhanager.

Ofis an LUNNAINN (Sasunn) aig 60 <eng>Lombard St., E. C.
S. CAMERON ALEXANDER, Manager<gai>

Ofis an NEW YORK aig 16 <eng>Exchange Place,
WM. GRAY agus H. B. WALKER, Agents.<gai>

Tha ceud is ceithir meur dhe'n Bhanca so air feadh Chanada is nan
Staidean Aonaichte, am measg am bheil an àireamh a leanas anns na
Roinnean Iochdrach.

<eng>HALIFAX, H. N. Wallace, Manager.
Amherst Antigonish Barrington
Bridgewater Canning Lockeport
Lunenburg Middleton New Glasgow
Parrsboro Sackville St. John

Shelburne Springhill Sydney
Truro Windsor<gai>

Gach seorsa gnothuch banca.
Ceannaichear is reicear airgid is notaichean Breatunnach.
Gheibhear Litrichean Creideas de 'm faodar feum a dheanamh ann an
cearna sam bith dhe 'n t-saoghal.

BANCA CAOMHNAIDH.

Tha Banca Caomhnaidh a nise fosgailt aig gach meur dhe 'n bhanca.
Gabhar suim sam bith air riadh, eadhon suim cho beag ri aon dolar.

Meur ann an Sidni.

<eng>P. C. STEVENSON, Manager.<gai>

ANNS AN STOR UR

LE STOC MOR DE DH

Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula

ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE

air Sraid Shearlot.

<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

[Dealbh]

Bidh fìor chomhfhurtachd agad 'nad dhachaidh nuair a bhios gach
airneis us grinneas air a thaghadh le rian agus tuigse. Agus 's e 'n
ceud ni is coir aire fhaotainn am brat-ùrlair a theid air na
seomraichean. Gheibh thu againne
Brat-ùrlair is Airneis
dhe na seorsachan a's fhearr, agus gach ni eile air an cuir thu feum
air son breaghachd do thaighe.

Cuir a dh' iarraidh Leabhraim anns am bheil gach ni a tha sinn a
creic air ainmeachadh. Paighidh sinn faradh do chearna sam bith de
Cheap Breatunn.

<eng>Gordon & Keith, A. T. GRANT, Manager.

SYDNEY & LOUISBURG R'Y.<gai>

TIM CHLAR.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh' Iun, bidh na treineachan
a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 7.59 a.
m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.35 a. m.

A fagail Shidni aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 9.43 a. m.,
'sa ruigheachd Louisburg aig 10.35 a. m.

A fagail Louisburg aig 5.30 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 6.21 p. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 7.00 p. m.

A fagail Shidni aig 8.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 9.30 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

Mac-Talla

Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.

Bliadhna, \$1.00

Tri Miosan, .30

Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd-gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu <eng>PUBLISHERS MAC-TALLA, Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 49]

[Vol. 12. No. 7. p. 1]

MAC-TALLA.

"An ni nach cluinn mi an diugh cha 'n aithris mi maireach."

VOL. XII. SIDNI, CEAP BREATUINN, DI-HAOINE, OCTOBER 10, 1903. No. 7.

Cha d' thainig ach gann cogadh air Breatunn riamh gun a faighinn neo-dheas air a shon. Nuair thòisich Stàidean aonaichte America ri iad fein a sgaradh uaibe, bha moran de'n chall a dh' fhuiling i air aobharachadh leis cho neo-dheas 's a bha luchd-stiùiridh a h-armailtean air-son aimhreit de sheòrsa sam bith. Bha an ceart ni fìor mu deidhinn nuair thòisich cogadh Bhonipart, agus bha e fìor da-rìreadh aig àm cogadh a Chrimea, nuair a fhuair miltean de cuid shaighdearan bàs le fuachd 's le acras agus am pailteas bidh is aodaich faisg air làimh ged nach robh iad g'an ruigheachd. Tha comhairle chaidh a shuidheachadh air-son fhaighinn a mach ciod a b' aobhar do chogadh nam Boerach a dhol an aghaidh nam Breatunnach 'sa cheud dol-a-mach, ag innse gu'm b'e bu choireach nach robh an dùthaich deas air a shon, gu robh ceannardan an airm cho aineolach air dùthaich 's air sluagh Africa mu Dheas 's a b' urrainn dhaibh a bhith. Bha cùisean an Ofaig an Airm na'n droch bhrochan, agus a reir

coltais tha iad mar sin fhathast. Tha daoine air an cur an dreuchd nach urrainn an dleasan a choilionadh. Tha na h-uaislean dhe'n bharaill gu'm buin gach ofaig airm dhaibh fein; ma tha uaisle 's beairteas aig duine, cha'n eil ofaig sam bith air a cumail uaithe air-son dìth eanachainn. Tha na daoine 's comasaiche mar sin gu tric air an cumail fodha. Cha robh Sir Eachann Domhnullach air streap na b' àirde na <eng>sergeant<gai> mur b'e gun do ghabh e <eng>commission<gai> a roghainn air Crois Victoria, a choisinn e le threubhantas anns na h-Innsean. Agus eadhon an deigh dha dìreadh cho àrd 's a bha na 'chomas faighinn, 's a bha e faotainn cliù air fad 's air leud na h-iompaireachd, bha e air a gheur-leanmhuinn gu la a bhàis leothasan nach robh deònach a chòir air 'ofaig aideachadh a chionn nach bu spealg de theaghlach uasal e. Gus an teid am pòr sin a chartadh a mach, 's am bi cothrom aig gach duine theid do'n arm dreuchd fhaotainn a reir a chomais, cha bhi cùisean na's fhearr na tha iad; bidh Breatunn cho neo-dheas fa chomhair an ath chogaidh 's a bha i fa chomhair nan cogaidhean anns an robh làmh aice roimhe.

Tha gearain mhor ri chluinntinn o àireamh de'n luchd-imrich a thainig a nall a Breatunn o chionn bliadhna no dha. Cha'n eil iad a reir coltais a' faighinn gach goireas 's gach sochair ris an robh dùil aca ga'm feitheamh 'san dùthaich so. Bha moran dhiu air am briagadh a nall le luchd-gnothuich a tha riaghladh na dùthcha so a' cur a null ga'n iarraidh. Thatar eadhon a' pàidheadh faraidh cuid dhiu, 's a' toirt cuideachaidh dhaibh an deigh dhaibh ruigheachd. Agus bha sin a' toirt orra bhi 'g altrum an dòchais gu'n seasadh an riaghladh eadar iad 's gach cruaidh-chàs is bochdainn gu ruige 's eodhon nithean a dh' fhaodadh iad-fein a sheachnadh. Agus nuair a thuig iad nach deanadh an riaghladh gach ni a bha iadsan an dùil thòisich an gearain. Cha b' ann mar so a bha 'san t-seann aimsir. Bha aig an luchd-imrich ri 'm faradh fein a phàidheadh, 's dh' fheumadh iad deanamh air an son fein mar a b' fhearr dh' fhaodadh iad anns a choille mhoir d' an robh iad a' tighinn. Cha'n eil teagamh nach robh moran dhiu air am mealladh a thaobh na dùthcha, ach ged bha cha robh dùil ri cuideachadh o neach no o ni ach o'n saothair fein. Agus tha'n seòrsa sin na's buanachdaile do dhùthaich na's urrainn do'n t-seòrs' eile bhi. Cha 'n eil duine no cuideachd dhaoine nach dean am beolaint fein gun bhi tarraimh á ionmhas na duthcha na'n saibhreas sam bith dhi. Iadsan a tha deònach obrachadh 's am beolaint fein a chosnadh, gun chuideachadh iarraidh no ghabhail, air nach cuir cruaidh shaothair eagal no reòtachd a gheamhraidh greann-is iad sin an seòrsa dhaoine is còir fhaighinn mar luchd-àiteachaidh do roinnean Iar-Thuathach Chanada.

Tha Rìgh Iomhar a' faighinn cliù mor o'n thainig e dh' ionnsuidh a' chrùn, co-dhiu tha no nach eil e ga 'chosnadh. Thatar a' toirt creideis dha air-son crìoch a chur air Cogadh Africa mu dheas, air-son muinntir na Frainge a thoirt gu bhi na's càirdeile ri Breatunn na bha iad o chionn iomadh bliadhna, agus air-son riarachadh cho mor fhaotainn do mhuinntir na h-Eirinn 's gu bheil sith is sàmhchair air an aiseag do chrìochan na duthcha buaireasaich sin. Agus tha iadsan a tha 'toirt creideis dha air-son sin uile dheanamh a làn-chreidsinn, ma dh' fheuchas e, gu'n teid aige air an troimhe-cheile th' anns an àirde 'n ear a thoirt gu crìch. Ma tha iad sin ceart

na'm barail d'a thaobh, tha Iomhar an impis bàrr a thoirt air uile righrean na talmhainn mar fhear deanamh na sithe.

O chionn beagan bhliadhnachan air ais tha seorsa de chungaidhean-leighis ris an canar anns a' Bheurla <eng>patent medicines<gai> air fàs glé lionmhor. Air an duthaich, tha iad ri'm faighinn air chul gaeh cunntair, agus ann an iomadh buth-ceannachd thatar a' deanamh barrachd airgid air an creic 's a thatar a' deanamh air creic siucair is siabuinn. Ruithidh daoine ga'n iarraidh air-son gach eucail a thig na'n rathad. Ma's déideadh no caitheamh e, gabhar <eng>liniment<gai> no <eng>panacea<gai> dha, agus cha chuirear fios air dotair gus am fairtlich a chuis orra fhein. Cha'n eil fhios aca-san a tha 'g uisneachadh nan cungaidhean sin ciod air am bheil ga'n deanamh, agus cha'n eil iad a' feorach. Foghnaidh leo gu bheil iad air am moladh ann an sanasan nam paipeirean-naidheachd, agus air na an cliuthachadh anns na paipeirean beaga 'sam bheil iad air am pasgadh. Tha'n t-aineolas sin, co-dhiu, buailteach air beatha dhaoine chur an cunnart. Cha'n ainneamh leis na dotairean fhein mearachd a dheanamh a thaobh thinneas is chungaidhean-leighis, agus nuair thachras sin dhaibhsan aig am bheil ionnsachadh is sgil, nach docha gu mor e thachairt dhaibhsan aig nach eil de sgil no de dh' fhiosrachadh ach am barail fhein. Is tric le tinneas gle bheag tighinn gu bhi na thinneas bàsmhor mur gabhar aige na àm, agus cha'n ann aig na h-uile tha fios nuair dh' fhàsas iad tinn ciod an tinneas a tha cur orra. Faodaidh e bhith gu'n gabh moran iognadh nuair a dh' innsear dhaibh gu bheil anns a' chuid a's mo de na <eng>'cure-alls'<gai> a tha iad a cleachdadh stuthan a tha glé chronail do'n bhodhaig 's do'n inntinn. Tha <eng>alcohol<gai> ann an àireamh nach beag dhiu; gheibhear <eng>opium<gai> is <eng>morphine<gai> ann feadhainn eile, agus sin ann an tomhas nach beag. Tha lighichean urramach a' togail an gutha gu làidir an aghaidh a bhi ga'n gabhail, ag radh gu bheil iad na'm meadhon air bhi treorachadh dhaoine dh' ionnsuidh na misge, agus dh' ionnsuidh tràillealachd an <eng>opium,<gai> rud a tha sheachd mhiosad. Is coir a bhi faiceallach mata, agus barrachd earbsa chur anns na dotairean a tha na'r measg, agus na's lugha annta-san a tha 'cur suas nam botull 's nam bocsaichean beaga, muinntir ma dh' fhaodte nach faca colaisde riamh, mur fac' iad o'n taobh a muigh e.

Tha geur-leanmhuinn nan daoine dubha a' sior dhol air adhart anns na Stàidean a Deas. Tha crochaidhean is losgaidhean air fàs cho cumanta 's nach eil eadhon na "paipeirean buidhe" a' toirt moran iomraidh orra. Mar is trice tha esan a th' air a chur gu bàs aon chuid ciontach de choire-eigin, beag no mor, no air a ghabhail an riochd duine chiontach. Ach rinneadh gnìomh air a mhios so a tha nochdadh nach e peanasachadh nan ciontach a tha fa-near do'n t-sluagh gheal idir, ach cumail fodha no cur as gu buileach a dheanamh air na daoine dubha. Bha ministear d'am b' ainm Planving, duine dubh cliuiteach, air a chur gu bàs gun choire sam bith a bhi air a chur as a leith. Bha e 'cumail colaisde anns an robh e toirt foghlum d'a cho-luchd-duthcha. Cha robh an sluagh toileach a leigeil air adhart, cha robh iad a' faicinn iomchuidh foghlum sam bith a thoirt do na daoine dubha a dh' àrdaicheadh iad os-cionn an ionaid anns am bheil

iad. Air an aobhar sin bha Planving air a chur as an rathad.

Tha sgeul ur aig muinntir Halifax. Bha'n fhéill a bh' anns a' bhaile sin an dara seachduin de September gle shoirbheachail. Ge b'e de bha cearr cha do shil an t-uisge mar a b' àbhaist dha bliadhnachan roimhe; bha turadh ann o'n cheud la gu la deireannach na feille. Bha àireamh mhath sluaigh cruinn, agus thainig barrachd airgid a stigh 's a thainig o chionn àireamh bhliadhnachan.

Tha aon de phaipeirean Halifax ag innse gu bheil e cluinntinn gu bheilear a creic deoch-laidir gu mi-laghail ann an Sidni 's an <eng>Glace Bay.<gai> Tha an sgeul cheudna ri chluinntinn a bhos an so mu bhaile Halifax. Agus tha sinn a' creidsinn gu bheil i cho fìor mu'n aon aite 'sa tha i mu'n da ait eile.

Tha Post a bhaile so a nis air churam fir-deasachaidh ur. Leig Mr. A. D. Gunn dreuchd an deasachaidh uaithe, agus tha 'aite air a ghabhail le Mr. F. T. MacKeen. Agus tha "Padra Tursach" air eirigh o na mairbh a dh' earalachadh do 'n chinne-dhaonna cul a chur ris an <eng>Scott Act.<gai>

A reir orduigh a thainig o'n ard-riaghladh tha e nise mi-laghail bradan a mharbhadh le sreang is dubhan o mheodhon a mhios a dh' fhalbh gus a cheud la de dh' Iun air an ath-bhliadhna.

[TD 50]

[Vol. 12. No. 7. p. 2]

Tha cuideachdan ceannachd is ròidean-iaruinn ann am baile-mor Chicago a nise nach toir obair do dhuine sam bith a bhios ri òl, ri cluich air-son airgid no bhios ga ghiùlain fein gu mi-bheusach. Duine gheibhear ciontach an aon dòigh no dòigh eile caillidh e 'obair. Bu mhath an gnothuch feuchainn ri stad a chur air moran de'n òl a tha 'dol air adhart am measg luchd nan ròidean-iaruinn an Canada. Cha bu chòir fear-dòil a bhi air fhàgail aig obair sam bith anns am bheil e buailteach air beatha dhaoin' eile chur an cunnart. Ach 's ann a bhios a' chòir mar a chumar i.

SGIORRAIDHEAN—Chaidh fear Iain Ricketts a mhuinntir Wales a mharbhadh ann am meinn <eng>Dominion No. 2,<gai> an <eng>Glace Bay,<gai> Di-sathuirne s'a chaidh, le spraidheadh fùdair. Bha e-fein coireach ri 'bhàs, air dha tilleadh dh' ionnsuidh àite 'n spraidhidh mu'n d' ràinig an teine 'm fudar.

Bha fear Iain Shepherd, a mhuinntir Newfoundland, air a bhàthadh aig <eng>Port Hood<gai> Didòmhnach, 's e tilleadh gu soitheach air an robh e na mheat. Bha e leis fein aig an àm agus ged nach robh e fada bho thir cha robh comas air dol 'ga chuideachadh. Cha robh ann ach duin' òg, coig bliadhna fichead a dh' aois.

Tha rabhaidhean ga' r ruigheachd cheana nach eil sinn fada o'n gheamhradh. Bha reothadh ann an caochladh chearnan de'n dùthaich o chionn ghoirid. Cha robh e ro-throm, agus mar sin cha d' rinn e moran cron.

AN DUTHAICH.

THA 'm fogharadh am measg Roinnean farsuing na dùthcha ann an tomhas mor seachad. Ann an toiseach an t-samhraidh bha tart mor anns an tir. Chunnaic gach neach ann an doigh glé dhùrachdach cia mar 'tha an Ti a's àirde daonnan caoimhneil ruinn, agus a' buileachadh oirnn gach beannachadh 'us soirbheachadh a tha sinn a' mealtuinn. Bho cheann bliadhna no dha bha na samhraidhean fionnar agus cha robh teas mor no dian idir againn. Re an t-samhraidh a tha gabhail seachad a nis le ceum deifireach cha robh a' ghrian fuasach làidir no loisgeach. B' àbhaist duinn a bhi 'creidsinn mur bitheadh teas làidir againn nach tigeadh am bàrr gu staid mhaith, agus, mar so, nach bitheadh ach fogharadh suarach, bochd againn. An uiridh agus anns a' bhliadhna 'tha 'nis a làthair, ged nach robh teas laidir idir againn, thug na h-achaidhean lionmhor air feadh Chanada toradh reachdmhor, brioghmhor seachad. Tha sinn toilichte 's taingeil gu leoir gu bheil anns gach cearna de 'n dùthaich daoine gle thoilichte leis gach pailteas a tha againn, ann an cruithneachd 's ann an eorna 's coirce, 's anns gach seorsa eile de thoradh beartach na talmhainn. Tha teachdaireachd thaitneach a' tighinn bho Iar-thuath na dùthcha gu bheil an cruithneachd araon pailt 'us reachdmhor agus mar so gu cum e suas an t-ainm agus a chliù a tha aige cheana ann am margaidhean farsuing an t-saoghail gu léir. Is i so da rireadh linn nan rathaidean iarunn ann an eachdraidh Chanada. Tha sinn a' faicinn le toileachas mor gu bheil rathad iarunn ann an ùine ghearr a' dol a nasgadh Uinnipeg ri Bagh Hudsoin. Chaidh cuideachd uair no dha cheana suas gus a' Bhagh ud, a chum 's gu faiceadh iad no gu faigheadh iad a mach co dhiu 'tha e comasach no nach 'eil do shoithichean seolaidh no do bhàtaichean smùide tighinn bho 'n Roinn Eorpa gus a' Bhàigh ud re cuibhrionn de 'n bhliadhna. Chaidh cuideachd no dha cheana suas gus a' Bhàigh ud agus is glé bheag maith a rinn iad. Co dhiu a bha iad 'nan cadal no nach robh, dh' fhaodadh iad fantuinn aig an tigh airson an fhiosrachadh bhochd a thug iad dachaidh leo. Tha dòchas làidir againn gu dean a' chuideachd a tha 'nis a dol gu Bàgh Hudsoin, moran maith ann a bhi 'nochdadh 's a dearbhadh gu bheil e comasach agus furasda slighe 'fhaotuinn troimh an Bhàgh re ceithir no cuig de mhiosan anns a' bhliadhna. Tha aig na Ruisianaich innleachd a tha 'tabhairt doibh comas air an reothadh chruaidh dhomhainn a bhuineas do cheann mu thuath an dùthcha, 'bhristeadh agus 'fhosgladh suas. Chi sinn uile gle fhurasda gu bitheadh moran maith air a dheanamh do 'n Iar-Thuath nam bitheadh cothrom air 'fhaotuinn no air a dheanamh airson cruinneachd 'us beathaichean reamhar a thabhairt bho Bhàgh Hudson ann an slighe dhireach, ghoirid gu margaidhean na Roinn-Eorpa. Is e da rireadh astar eagalach fada 'tha eadar Manitoba 's an Iar-Thuath gu léir agus Montreal 'us Halifacs 'us cearna air bith de 'n chuan a tha air taobh an ear de Chanada. Tha mar an ceudna iasgachd àluinn anns a' Bhàgh ud, a bhuineas do Chanada 's do Chanada 'mhàin. Tha 'r

coimhearsnaich anns na Staidean a' tabhairt gach bliadhna moran airgid as a' Bhàgh le bhi 'g iasgach ann, ged nach 'eil coir air bith aca 'bhi dol idir ann. Tha 'n t-àm aig iasgairean nan Roinnean a tha ri taobh na fairge ann ar dùthaich, sealbh a ghabhail agus a ghleidheadh air iasgaireachd Bàigh Hudson gu duineil, gaisgeil, dichìollach, neo-sgathach.

B' àbhaist do mhoran daoine ann an Canada 'bhi 'creidsinn agus ag radh gu bitheadh uisge 's frasan ni bu lugha againn samhradh an déigh samhraidh, do bhrìgh gu robh a choille daonnan air a ghearradh sìos, agus mar so, gu fàsadh an aimsir gu nàdurra ni 's tiorma. Is ann gun teagamh air atharrachadh dòigh 'tha 'n aimsir a nis. Ann an Ontario gu sònruichte, 's ma dh' fhaoidte ann an Roinnean eile de Chanada, tha frasan lionmhor a' tuiteam re 'n t-samhradh. Cha do thuit uibhir uisge riamh roimhe 's a tha 'tuiteam bho shamhradh gu samhradh air còmhnardan 'us cnoic agus lagan Chanada. On tha frasan sèimh, ùrail a' tuiteam gu tric air feadh an t-samhradh, tha 'n t-ionaltradh maith, gorm, reamhar anns an dùthaich. Tha aobhar laidir aig tuathanaich Chanada a bhi fìor-thaingeil gu bheil an t-ionaltradh co fallain pailt, oir, air an aobhar so, tha na mairt ann am mìle baile 'tabhairt moran bainne seachad. Tha càise 's ìm air an deanamh air an dòigh so, agus tha na tuathanaich a' faotainn moran airgid airson an càise 's an ìm. Is iad gun teagamh na tuathanaich daoine 's modha sonais 'us soirbheachaidh anns an dùthaich gu léir. Tha iad a' fàs gle bheartach, on tha bliadhna an deigh bliadhna air an taobh, agus tha 'n càise 's an t-ìm a' faotuinn prìse mhor ann am Breatunn. Is coir do na tuathanaich a bhi eudmhor daonnan airson deagh ainm a bhi aca ann am margadh àluinn Bhreatuinn. Anns a bhliadhna 'chaidh seachad, fhuair Canada faisg air ochd muillion deug dollair airson a chàise 'chur iad do Bhreatunn. Phaigh Breatunn an uiridh gle dhùth air ceud muillion dollair airson ìm a thainig bho dhùthchannan céin. Fhuair Canada eadar ceithir 'us cuig muillion dollair airson a h-ìm. Cha 'n 'eil ceann no crìoch air an airgid a dh' fhaodas sinn ann an Canada 'fhaotainn ann am margadh beartach, rìomhach, urramach Bhreatunn airson gach ìm 'us càise, airson gach cruinneachd 'us coirce, airson gach damh reamhar 'us gach each laidir a chuireas sinn thar a' chuan. Gabhaidh mi comhairle Mhic Fhearghais, agus ni mi anns an ath litir luadh air gnothuichean eile -air Parlamaid 'us rathaidean iarunn ùra Chanada.

CONA.

LITIR A ALBA.

FHIR MO CHRIDHE:—Tha seorsa foghlum ann ris an canar Eun-eolas, agus ged nach 'eil ach fìor bheagan dhe'n fhoghlum so agamsa, faodaidh mi beagan dhe 'n bheagan a th' agam a chur fa chomhair luchd-leughaidh a' MHC-TALLA. Agus is docha gu'n tarraim mi aire fir a's fhearr foghlum na mi fhìn a dh' ionnsuidh a' ghnòthaich, agus gu 'm feuch e ri mo chur ceart, ma tha mi cearr.

Bha na Gaidheil o shean 'nan daoine tùrail, toinnisgeil, a bha 'gabhail beachd gu tric, dlùth air gach ni a bha ri 'fhaicinn mu 'n

cuairt dhaibh. Mar bu trice, dh' fheuchadh iad ri aobhair ghnòthaichean 'fhaotainn am mach, agus a mhineachadh cho math 's a b'aithne dhaibh, araon do 'n mhuinntir oig, aineolaich, agus mar an ceudna do 'n t-seana mhuinntir nach robh gle mhath gu beachd a ghabhail air na nithean a bha ri 'm faicinn gu tric mu 'n cuairt dhaibh o àm gu àm.

Thug iad aire gu 'n robh trì eòin àraidh ri 'm faicinn aig àm blàth na bliadhna, agus an uair a thigeadh am foghar gu math a steach, nach robh na h-eòin so ri 'm faicinn idir. Bha so a' cur ioghnaidh orra, agus an fheadhainn bu bheachdaidhe dhiubh, agus bu mhò déigh air fiosrachadh fhaotainn mu dheidhinn a h-uile rud annasach a bhiodh a' tighinn fa 'n comhair, bhiodh iad gu tric a' smaointean air cia mar a bha na h-eòin so a' dol as an t-sealladh an uair a thigeadh am fuachd, agus a' tighinn a rithist an uair a thigeadh am blàths.

B' iad na trì eòin so, an clachairean, a' chuthag, agus an treabhna, no, an treun-ri-treun, mar a theirear ris an eun ann an iomadh àite dhe 'n Ghaidhealtachd.

Anns an àm, bha iomadh beachd glé fhaoin am measg nan Gaidheal, glic, gleusda, tùrail agus tuigseach 's mar a bha iad, agus b'e aon de na beachdan so, gu'n robh sìtheanan agus sìthichean ann, agus o nach robh dòigh eile aca air cunntas a thoirt seachad air an aobhar air son an robh na h-eòin a dh' ainmich mi a' tighinn an àm a' bhlaiths, agus a' falbh an àm an fhuachd, thainig iad gu bhith 'creidsinn gu 'n robh iad a' dol do na sìtheanan, agus, air an aobhar sin, theireadh iad, "Eoin Shìthe" riutha. Cha do smaoinich iad riann gu'n robh eòin ann a bha 'tighinn do 'n Ghaidhealtachd á dùthchannan fad' air falbh an àm a' bhlaiths, agus a' tilleadh air ais an uair a thigeadh am fuachd.

Bha eagal air daoine gu nàdarra roimh na sìthichean. Bha e air a chreidsinn, am feadh 's a nochdadh iad caoimhneas mòr, agus a bheireadh iad cuideachadh is fuasgladh mòr do dhaoine a bhiodh 'nan éiginn, na'n tachradh gu 'm biodh daoine réidh riutha, gu 'n robh iad ro dheas gus dioghaltas a dheanamh air daoine an uair a bhiodh iad air am brosnachadh gu feirg. Air an aobhar sin, bheireadh daoine an aire mhath nach cuireadh iad corruich orra ann an doigh sam bith. B' e sin an t-aobhar nach robh daoine deonach clachairean, no cuthag, no treabhna a mharbhadh. Rud eile a bha glé chomharraichte, agus b' e sin, gu'n deanadh daoine toileachadh ris na h-eòin shìthe an uair a thigeadh iad, cha b' ann idir a chionn gu'n robh meas mòr aca air na h-eòin shìthe, ach a chionn gu'n robh teachd nan eun so ag innseadh dhaibh gu'n robh blàths na bliadhna a' tòiseachadh ri tighinn.

B' e an clachairean a cheud eun dhe na trì a thigeadh. Agus bhiodh daoine a' gabhail beachd air an àite anns am faiceadh iad 'na sheasamh e, na 'm b' ann 'na sheasamh a chitheadh iad an toiseach e. B' fhearr leotha gu mòr 'fhaicinn air iteig na 'fhaicinn 'na sheasamh; oir, mar is trice

[TD 51]

[Vol. 12. No. 7. p. 3]

is ann air cloich is fhearr leis seasamh. Tha aobhar a bhith 'creidsinn gur ann a chionn cho tric 's a chithear 'na sheasamh air cloich e, agus a chionn, ma ni e nead ann an garadh, no ann am bruaich an rathaid, gur math leis clachan a bhith mu 'n cuairt de 'n nead, a thugadh an clachairean mar ainm air. Tha na briathran a leanas a' nochdadh gu 'n robh daoine 's àm a dh' fhalbh a' creidsinn nach robh e 'na chomharradh math air an t-soirbheachadh a bhiodh aca fad na bliadhna nam faiceadh iad an clachairean 'na sheasamh air cloich luim: "Chunnaic mi an clachairean air cloich luim; chunnaic mi seilcheag air talamh-toll; chunnaic mi searrach na seann làradh 's a chùl rium; chuala mi chuthag 's gun am biadh 'nam bhroinn; agus dh' aithnich mi nach rachadh a' bhliadhna leam."

Gus an gabh duine beachd gu dlùth air na briathran so cha bhi e furasda dha a thuigsinn c'ar son a labhradh iad; agus a bha iad air an creidsinn fad iomadh linn. Tha cuid dhiubh air an creidsinn ann an tomhas beag eadhoin gus an latha 'n diugh.

B'e an clachairean a' cheud aon de na h-eoin shithe a bha ri fhaicinn. Thigeadh e anns a' mhios mu dheireadh dhe'n earrach mar bu trice. Dheante toileachadh ris an uair a thigeadh e, do bhrìgh gu'n robh a theachd a' cur dhaoine ann an cuimhne gu'n robh an samhradh am fagusg. Ach mar a dh' ainmich mi mar tha, cha bu toigh le neach sam bith a' cheud shealladh dhe fhaicinn 'na sheasamh air cloich luim. Ar le daoine, gu 'n robh a' chlach lom 'na comharradh air ganntar, agus air eis teachd-an-tir làitheil. Ged a bha 'n saoghal cruaidh air iomadh neach aig an àm ud, bha soirbheachadh aig iomadh neach mar an ceudna. Bha e air a chreidsinn gu 'n robh fortan agus mi-fhortan dhaoine ann an tomhas mor a' tighinn 'nan rathad troimh na chitheadh 's na chluinneadh iad. Agus feumar aideachadh gu'm bheil so ann an tomhas fìor gu leòr, ged nach ann anns an t-seadh anns an robh daoine 'g a chreidsinn o shean. Is iongantach da rìreadh ri thoirt fa near a' bhuaidh a chum math no uilc a tha aig na tha sinn a' cluinntinn agus a' faicinn thairis air ar cridhe agus air ar n-inntinn.

Cha robh an t-seilcheag fhaicinn air talamh-toll 'na aobhar misnich do 'n duine bhoichd a bha cothachadh an t-saoghail le cruadhs a dhorn agus le fallus a ghruadhach, na's mò na bha an clachairean fhaicinn air cloich luim. Mar is trice, is ann air fearann math a chithear an t-seilcheag; ach is e talamh-toll fearann a's miosa gu toradh a thoirt am mach a b' urrainn a bhith. Tha fhios aig na h-uile a dh' fheuch ri barr a thoirt á talamh toll nach fhàs dad ann. Cha 'n fhàs am fraoch fhein gu math ann an talamh-toll. B' olc an comharradh aon chreutair nach fhaicteadh ach ann an àm blàth na bliadhna fhaicinn ann an àite air an robh coltas ganntair agus bochdainn.

Bu ghlé thoigh le daoine, agus is glé thoigh leotha e gus an latha 'n diugh, uan, no laogh, no searrach fhaicinn agus 'aghaidh riutha.

Is iomadh uair a chuala sinn na briathran so: “Chunnaic tu rud 's a' chùl riut.” Bha “searrach na seann làradh 's a chùl rium,” 'na dhroch comharradh. Cha tig uan na seana chaorach, no laogh na seana bhà, no idir searrach na seann làradh, gu bhith 'na bheathach math. Tha tuathanaich ghlice na dùthchadh gu leir 'g a chreidsinn so; oir reicidh iad crodh is eich is caoirich an uair a thig iad gu aois àraidh.

Bha 'chuthag ri tighinn aig a' Bhealltainn. Mar a tha am facal ag radh: “Gug, gùg,” ars' a' chuthag, “latha buidhe Bealltainn.” Cha robh e air a mheas 'na chomharradh math air an t-sìde gu'n cluinnteadh a' chuthag roimh Bhealltainn; oir cha tig i gus an tig am blàths. Agus na'n tigeadh am blàths tuilleadh is tràth, dh' fhaoidteadh 'bhith cinnteach gu 'n tigeadh sìde fuar ré an t-samhraidh. Bha daoine a' faicinn gu'm b' fhearr an t-sid' fhuar a thighinn 'na h-àm fhein na i bhith fada gun tighinn. Ach bha daoine gu nàdarra toilichte an uair a chluinneadh iad guth na cuthaig aig an àm cheart. Cha bu toigh leotha a cluinntinn an uair a bhiodh am biadh cho gann 's gu 'm feumadh iad a dhol am mach as na taighean gun ghreim bìdh a ghabhail. Theirear gus an latha 'n diugh “greim cuthaig,” ris a' bheagan bìdh a tha daoine cleachdadh a bhith 'gabhail mu 'n teid iad am mach as na taighean anns a' mhadainn.

Ged a chluinneadh duine a' chuthag a' gairm mu'n éireadh e as a leabaidh, no, an deigh dha eiridh, agus mu'n rachadh e 'mach as an taigh, cha bhiodh e 'na aobhar mi-thoileachaidh sam bith dha. Is e a' chuthag a chluinntinn a' cheud uair air a' bhliadhna, agus e gun a bhiadh a ghabhail a bha 'na aobhar mi-thoileachaidh, agus 'na chomharradh air mi-fhortan. Ma's ann air feasgar a chual' an duine a labhair na briathran ud a' chuthag, agus ma bha e gun ghreim bìdh a ghabhail fad an latha, cha'n 'eil e idir 'na ioghnadh ged a smaoinich e nach rachadh a' bhliadhna leis.

Is e eun iongantach a th' anns a' chuthaig. Cha d' rinn i nead riamh. Is minic a chuala mi daoine ag radh, an uair a bhiodh rud ann nach b' urrainn daibh fhaighinn: “Bu cho fasa dhomh nead na cuthaig fhaighinn ris.” Cha bhi aice ach an aon ugh, agus cha mhò e na ugh glaisein. Tha i 'g a bhreith ann an nead eoin bhig mu mheudachd glaisean no ann an nead a' ghlaisein fhein, an uair a gheibh i an cothrom, mu 'n toisich an glaisein ri gur air na h-uighean. An uair a thig na h-eoin am mach ann an nead a' ghlaisein, bidh eun na cuthaig gu nàdarra na's treise na eoin a' ghlaisein, agus bidh barrachd 's a roinn fhein aige dhe'n bhiadh a bheir an dà ghlaisein do'n nead. Ann an ùine ghoirid fàsaidh e cho mor 's nach bi rùm gu leòr aige fhein 's aig eoin a' ghlaisein anns an nead, agus tilgidh e 'mach as an nead iad. Rud glé iongantach, bidh na glaiseanan an dùil gur e an eun fhein a bhios aca, agus leanaidh iad air a bhith 'ga bhiathadh, cha'n ann a mhàin gus am falbh e mu 'n cuairt air iteig, ach eadhoin gus am bi an t-àm aige falbh gu ruige dùthaich bhlàth.

Is ainneamh a chluinnear a' chuthag an deigh do dhara mios an t-samhraidh a dhol seachad. Mar a tha am facal ag radh: “Lath' Fheill Peadair a's t-samhradh theid a' chuthag dh'a taigh geamhraidh.” Is

minic a chunnaic mi a dhà no trì dhe na cuthagan fad seachdain an deigh Lath' Fheill Peadair; ach cha tigeadh diog as an cinn. Ann am fìor bheagan laithean an deigh Lath' Fheill Peadair, dh' fhalbhadh a h-uile seana chuthag as an duthaich, agus rachadh iad do dhùthchannan blàtha.

Tha na cuthagan òga ri 'm faicinn gus an tig an Seann-Liunasdal. Cha 'n 'eil còig latha deug o'n a chunnaic mi a' chuthag og air barr balla a' ghàraidh, agus an glaisean 'g a biathadh. Bha 'n glaisean an dùil gur e an t-eun aige fhein a bha e biathadh. Tha a leithid so a' tachairt gu tric anns an t-saoghal. Tha iomadh aon a' toirt di-beatha agus aoidheachd glé fhialaidh do chreutairean a tha gu nàdarra nam fìor naimhdean dhaibh.

Chuala sinn uile iomradh air "gocan na cuthaig." Is e so an t-ainm a bha, agus a tha, gu cumanta, air an eun a tha ri fhaicinn a' falbh an déigh nan cuthag. Bha daoine anns an àm a dh' fhalbh a' smaointean gu 'n robh na h-eoin so a' falbh as deigh nan cuthag mar chomharradh air a' mheas a bha aca oirre. Ach tha e nis soilleir gu leor do gach neach aig am bheil cothrom air beachd a ghabhail air dòigh nan eun so, gur ann le naimhdeas a tha na h-eoin bheaga a' dol an deigh nan cuthagan. Tha iad 'gam faicinn ag itealaich dluth air na neadan aca, agus tha iad gu nàdarra toileach a bhith 'g an fuadach air falbh. Cha toigh le eun sam bith eun eile fhaicinn a' tighinn dluth air an nead aige.

Chithear na glaiseanan truagha a' falbh ann an cuideachd nan cuthagan òga, agus iad 'g am biathadh an duil gur e an sliochd fhein a tha iad a' biathadh; agus o nach 'eil e furasda na cuthagan oga a dheanamh am mach o na seana chuthagan, tha daoine aig nach 'eil eolas orra a' smaointean gur ann as deigh nan seana chuthagan a tha na glaiseanan an uair a tha iad a' biathadh nan cuthagan òga.

Dh' fhaodainn tuilleadh a radh mu na creutairean a dh' ainmich mi, ach cha'n 'eil uine agam an diugh. Is mi do charaid,

BODACHAN A' GHARAIDH.

Taobh an Locha, 10, 9, '03.

EOBHAIN BAN MAC AN T-SAIGHDEIR.

LE SEUMAS N. MAC FHIONGHAIN.

CAIB. XV.

ANNS AM BHEIL PASGAN NEILL MHOIR AIR FHUASGLADH—IS ANNS AM BHEIL EOBHAIN AIR SEALLADH FHAICINN NACH DO CHORD RIS.

DHUIN an dorus mor air chùl ar curaidh, a' dùnadh a mach fuaim an t-saoghail gu léir 's ga 'fhàgail gu math brònach, o nach rachadh aige air pàirteachadh 'san àr, a chinn na thùs na crìche a bha ri tighinn gu dlùith gun dàil aig Waterloo, a mùchadh lòchran dearrsach Bhoni gu bràth gu math na ba chlise na thàinig e am bith a cheud uair. Dh'

phan Eobhain bàn àireamh mhionaidean na 'sheasamh le ceann crom, a caoidh mu 'n char a chuir a chuibheall dhi a dh' fhàg e na aonar air a thiodhlacadh beò, an uair a bha 'chompanaich ag imeachd gu lùthmhor, a chosnadh, is docha cliù dhaibh fhéin 's do 'n dùthaich air àr glòrmhor aghaidh ri aghaidh ri naimhdean tapaidh. Thug na smaointean so air leum o thalamh am feirg ris na dàin; oir os cionn gach nì bha diomhaireachd aige thun an àrd-chomanndair nach robh gu fortanach air paipear, ach air a thoirt dha air mheomhair. Leis a ghluasad so thuit am pasgan trom a chuir Niall mor na lamhan thun an làr, ga 'thoirt gu chuimhne fhéin. A cromadh sios thog Eobhain am pasg, 's le laimh ag iathadh mu 'n cuairt air 'san dorchadas fhuair e mu dheireadh bocsa mor ri ceann an t-seilleir, 's a suidhe sios air dh' fhosgail e am pasgan. Fo lamhan fhuair e aodach agus air dha 'chumadh a leantainn le barraibh a mhiar, dh' aithnich e gu'm bu thrusgan sagairt a bh' ann agus paisgte na 'luib bha geighleag bheag làidir iaruin, agus, rud a thug mor thoileachadh do dh' Eobhain, dòrlach bhriosgaidean agus da bhotul de dheagh fhion. Gun dàil chaidh an Gaidheal na 'n dàil, 's mu 'n deach deich mionaidean seachad 's ann a bha e faisg air a bhi subhach aon uair eile. Bha e na shuidhe gu taingeil a nis, 's a lamh gu diomhain a siubhal an aodaich, an uair a thachair pasgan beag paipear ris do nach tug e 'n aire roimhe. Ga 'fhuasgladh an tiotadh fhuair e dearbhadh eile air cho domhain 's a bha e 'n comain Nèill mhoir, an riochd da choinneil chéire agus lasadain Fhrangach. An ùine ghearr bha coinneal laist' aig Eobhain a caitheamh rionnag fhaoin bhuidhe sholuis mu 'n cuairt, a leigeil ris do shùil fheòrachail Eobhain nam ballachan

[TD 52]

[Vol. 12. No. 7. p. 4]

dorcha air an còmhdach le clòimh-liath 's le fraigh-shnidhe. Sheall e an sin air a bhocsa air an robh e cho comhfhurtail na 'shuidhe, ach a cheud shùil a fhuair e dhi leum e air a chois cho ealamh ris an fhùdar, 's aig a cheart àm chaidh an solus faoin as. Ciod bu bhòrd 's bu chathair dha ach ciste-laidhe! agus leis cho daingeann 's a bha i cumail a làraich bha e tuigsinn nach robh i falamh. Thòisich gaoir fhuar neònach air siubhal pòraibh Eobhain bhàin; oir co an neach a tha no bha beò nach bi gisreagach na uairean aig amannan sònruichte na 'bheatha. Tha miachd dhe so co-cheangailte ri nàdar gach aon-cuid aig am bi e 'n uachdar daonnan, ach a chuid a's motha bidh ga chuibrigeadh gu math, 's mar so ga fhalach buileach o shùilean an coimhearsnaich. Ach tha 'n t-sradag beò, 's mar sin ged a theireadh Eobhain bàn ris fhein 's ri càch nach robh e creidsinn na leithid, dh' fhairich e e-fhein gu math neònach 'san àit' ùdlaidh ud an cuideachd nam marbh. Ach a cruinneachadh a chumhachd reusain chrath e dheth na faireachdainnean so, 's a cromadh thug e làmh air a choinneil a' lasadh a rithist feuch am faiceadh e 'n robh rathad no dòigh air faighinn as an àite uamhasach. An uair a bha i gu bhi laiste aige, thainig gu soilleir osna throm, dhomhain gu chluais, mar gu 'm b' ann troimh 'n bhalla aognaidh, a toirt air an lasadan a chaitheamh gu làr le fiamh. "Cha b' ann á com mairbh a thainig an osna ud," ars' esan ris fhein, agus a smaointinn gu 'n robh co-

chreutair an gàbhadh no 'n cràdh na bu mhiosa na staid fhein, chuir e roimhe gu 'm biodh fios aige air barrachd mu 'n chùis gun mhòran dàlach. Le so fhuair e 'n solus air ghleus a rithist, is ghabh e gu socair suas ag amharc mar a bha e triall air-son fosglaidh 'sa bhalla, ach na bu mhotha na toll rodain cha 'n fhaigheadh a shùil, no ni eile 'san àite, ach torran sprùillich is connalaich-tiurra nam bliadhnachan a dh' aom-agus gach ni air a chòmhdach le bron aognaidh na h-aoise 's le cloimh-liath. Mu dheireadh ann ann an oisinn chunnaic e tri no ceithir de bhloighean bhord tholltach na 'n seasamh, agus tòrr de chonnlaich linn air a dinneadh eadar iad 's am balla. Rug Eobhain air na buird 's bhrìst e nuas iad, 's a cur a laimhe a stigh 'sa chonnlaich tharruinn e uige i, 's an ath mhionaid bha sgaoth rodan m'a cheann 's m'a chasan-cuid dhiu beag, 's cuid dhiu cnapach, 's cuid eile a thug aghaidh gharbh dha, air an robh feusag fhada ghlas na h-aoise, is coltas gu math acrach orra uile gu léir. Thoisich Eobhain bàn air deanamh bualadh nam brat orra leis a gheimhleig, a cur an ratreut air a chuid nach do mharbh e 'n ùine ghearr. A tionndadh aire air an oisinn a rithist fhuair e fosgladh ann, far an robh a réir coltais dorus uaireiginn dhe 'n t.saoghal. A' cromadh a chinn ghabh an Gàidheal a stigh gun sgàth is fhaair e e-fhein ann an seilleir eile air chumadh an fhir a dh' fhàg e, ach na bu mhodha. A seasamh am meadhain an àite sheall Eobhain mu 'n cuairt air, 's aig an àm thainig an osna chràidh gu chluais a rithist ach gu math na bu dluithe. A gabhail suas thun a chinn eile chunnaic e coltas duine na 'shìneadh air an ùrlar anns an oisinn, 's an toiseach 's e crom os a chionn cha robh fios aige co-dhiu bha e beò no marbh. A dol air a ghlùinean ri thaobh chunnaic e gu 'n robh a chuid aodaich na shròicean, 's e còmhdach le fuil, 's le dha laimh ceangailte air a chùlaobh bha e da rìreadh na 'chulaidh-thruais.

“Deoch! deoch, an ainm Dhé!”

Thàinig na briathran gu fann o 'bhilean anns a chainnt Shasunnaich, agus ged a bha 'n laige air atharrachadh mor a thoirt as a ghuth, dh' aithnich ar caraaid Eobhain bàn gu 'n cual' e roimhe e barrachd is aon uair. Anns an atharrachadh thruagh duine bha 'n so dh' aithnich e 'sheann nàmhaid, Caiptean Adam, an aon duine air uachdar an t-saoghail a bha e feuchainn ri sheachnadh 'bha tachairt ris anns gach àit' an tionndaidheadh e 'aghaidh. Le 'r féin-fhiosrachadh chi sinn so a tachairt daonnan mu choinneamh ar sùilean. Rachamaid do 'n bhaile-mhor agus ma tha aon duine eadar a cheithir oisinn air a bheil gràin againn, no aig a bheil fiachan oirnn nach teid againn 'san àm a phaigheadh, tachraidh e oirnn aig gach oisinn 's anns gach taobh an tionndaidh sinn. Bha so a tachairt mar a chunnaic sinn do dh'Eobhain bàn mac an t-saighdeir 's do Chaiptean Adam. A réir choltais bha 'n ceumannan daonnan a triall thun an aon mhargaidh.

Cha do thionndaidh Eobhain bàn air falbh o nàmhaid na 'airc, ach le truas dh' fhuasgail e 'lamhan, 's a glanadh na fala o 'bhilean thug e air pàirt dhe 'n fhion òl, rud a thug faothachadh mor dha, 's a tionndadh air a thaobh bha 'anail a tighinn gu nàdarra aon uair eile. An ceann tacain dh' éirich e air uilinn is ghlaodh e air-son tuilleadh fìon. Chum Eobhain am botul ri 'bheul, 's leis an laimh

eile bha e 'cumail suas a chinn. An uair a bha Adam réidh thog e 'shùilean gu aodann Eobhain bhàin agus sheall e gu dùr air, agus sheall Eobhain air, ach cha robh gnù no naimhdeas idir na 'shealladh. Aig a mhionaid sin thainig atharrachadh mor air aodann a Chaipitean, 's leis na deoir a sruthadh ri ghruaidhean 's a measgadh le 'fhuil, dh' eirich e na shuidhe le cuideachadh Eobhain.

"Ah!" ars' esan, "Eobhain, an toir thu mathanas gu bràth dhomh airson na rinn 's na dh' fheuch mi ri dheanamh ort?"

"Na can an còrr mu dheidhinn," ars' Eobhain, 's e fàsgadh na laimhe a shìn e dha. "Tha againn uile ri mathanas fhaighinn; agus ciamar a thogamaid ar sùilean ag iarraidh mathanas air Dia, na 'n dùineamaid fhìn ar cridheachan ri glaodh ar co-chreutairean, ma thachair dhaibh a dhol uair is uair na 'r solus 'sa bheatha so. Mar sin tha mi 'toirt làn mhathanas dhut, 's na doireamaid iomradh gu bràth tuilleadh air."

"Ah, Eobhain," ars' a chompanach, "tha do nàdar fialaidh, tròcaireach, mar nach robh mise riamh, ach le cuideachadh Dhé, ma tha 'n dàn dhomh bhi beò, bheir mi ionnsuidh air a bhi na 's fhearr. Ach Eobhain, Eobhain, bi taingeil nach do dh' fhàgadh aig droch mhuide thu na d' òige, a chruadhaicheadh do chridhe mar a dh' éirich dhòmhsa, agus cha robh bhuaithe sin, a charaid, ach ceum no dha thun nan droch companach 's an òil, 's na gill, 's an deamhain."

Dh' innis Adam a nis mar a dh' eirich dha o'n dh' fhàg iad ceangailt' aig an dìg e. Thainig buidheann dhe na Frangaich na rathad, agus o nach rachadh aige air e fhein a shaoradh le fianuis sam bith ach fhacal beòil cha do chreid iad a chùnntais. Mar sin rinn iad priosanach dhe, agus air dha ionnsuidh a thoirt air teicheadh bhuaitha chaidh a ghlacadh a rithist, agus anns an ùpraid fhuair e 'lot gu dona agus a ghiulan an sud gus an rachadh a chur gu bàs 'sa mhaduinn. Gu fortanach dha chaidh a dhi-chuimhneachadh an uair a thainig gnothaichean is cuspairean bu chùramaiche fa chomhair a naimhdean air feadh na h-oidhche.

Bha e nis air fàs gu làidir air tàille fion is briosaidean Nèill mhoir chòir, agus air dhaibh sealltainn air a lotan chunnacas nach robh 'h-aon dhiu bàsmhor, 's gur e bruthadh agus lotan ao-domhain feòla a chuid bu mhiosa. Air do Adam e fhein fhaighinn cho math bha e air chrith gus faighinn as an àite mu 'n tigeadh na Frangaich a chur crìoch air a bhinn. Bha 'n duine bochd gealtach agus eagallach, 's gun chomas na airc air e fhein a chuideachadh, 's gach rodan no ni a ghluaiseadh faisg dhaibh dheanadh e greim bàis air Eobhain, an dùil gu 'n robh am bàs air a mhuin. An deigh a chomhairleachadh agus misneach a thoirt dha, dh' eirich Eobhain na 'sheasamh, 's aig an àm chaidh an solus as. Air dha sealltainn uaithe chunnaic e rionnag fhaoin dhearsach mu choinneamh, 's a tarruinn na bu dluithe fhuair e balla 'n t-seilleir air tuiteam gu h-àrd 'san oisinn, agus gath faoin soluis mu uiread gob snàthaid a tighinn a stigh fo stéidh an tighe. Ruith Eobhain agus fhuair e 'gheimhleag, 's a cur a neart mor an géill rinn e ann an uair no dha fosgladh air an rachadh duine cumanta 'mach, ach gu mi-fhortanach nach gabhadh gun saothair mhor

deanamh na bu mhotha air tàille da chreig 'san stéidh, té air gach taobh anns an robh meudachd mnor. Bha nis an solus aca na b' fhearr, ged a bha craobhan mheas 's na luibhean mu 'n cuairt a cumail a chuid bu mhotha 'muigh. Làn falluis is duslaich chaidh Eobhain far an robh Adam, 's a toirt làmh air an trusgan a thug Niall mor dha, thuirt e ris: "A nis, a charaid, crioslaich thu fhein agus cuir so umad, agus tha mi cinnteach gu 'm faigh thu rathad réidh mu 'n àm so dhe 'n latha do dh' àite sam bith a thogras tu. Na cuir na m' aghaidh," ars' esan, 's e faicinn Adam a dol a dheanamh sin, "tha fios agam dé theireadh tu, 's cha bhi ann ach call ùine. Tha 'n trusgan beag dhòmhsa (cha robh so fìor) agus a bhàrr air a sin tha 'n toll beag dhomh, is leigidh e thusa 'mach, agus ged nach bitheadh 's ann mar so a bhiodh a chùis, oir thogadh e am barrachd amharuis na 'm faicteadh sinn còmhladh, 's mar sin gabhaidh mise m' ùine, ach leanaidh mi thu an uair a gheibh mi 'n toll mor gu leor." Fhad 's a bha Eobhain a labhairt bha e cuideachadh Adam ga 'éideadh fhein, 's leis na briathran ma dheireadh bha e aige aig beul an tuill is phut e 'mach e, agus le aoibhneas chunnaic e e dol as a shealladh am measg nan craobh.

A faighinn na geimhleig thòisich ar curaidh ri cladhach fo thé dhe na creagan, 's an ùine ghearr thainig i nuas, na bu luaithe na bha e 'n dùil, 's mur biodh e air leum aotrom as an rathad bha e air a phronnadh. A leigeil a sgìos shuidh Eobhain sios air a chreag, ach mu 'n do shocraich e e-fhein chual' e coiseachd fhàillidh air a chùlaobh 'san t-seilleir.

(Ri leantuinn.)

CATH NAN EUN.

(Air a leantuinn.)

IS ann an sin a bha bhanais, 's b'e bhanais i, famhairean 's daoine uaisle, 's mac rìgh na Cathair uaine 'nam meadhon. Chaidh am pòsadh, 's thòisich an dannsa, 's b'e sin an dannsa. Bha tigh an fhamhair air chrith bho 'mhullach gu 'bhonn. Ach thàinig àm dol a luidhe, 's thubhairt am famhair, "Tha 'n t-àm dhuit dol a luidhe, a mhic rìgh na Cathair Shìomain; thoir leat do bhean as am meadhon sin." Chuir ise mach a làimh dheth 'n robh an lùdag agus rug e oirre air làimh.

"Dh' amais thu gu maith air an àm so cuideachd, ach cha 'n 'eil fios nach coinnich sinn thu air dòigh eile," thubhairt am famhair.

Ach a luidhe chaidh iad. "A nis," thuirt ise: "cadal cha dean thu, air neo bàsaichidh tu; feumaidh sinn teicheadh gu luath, oir gun teagamh marbhaidh m' athair thu."

A mach ghabh iad, agus air an loth dhuinn a bha anns an stabull, chaidh iad.

"Dèan socair beagan," ars ise, "agus cluichidh mise cleas air an t-seann laoch."

[TD 53]

[Vol. 12. No. 7. p. 5]

Leum i stigh, agus ghèarr i ubhall 'na naoi earannan, 's chuir i dà, earrann dhi aig ceann na leapa, agus dà earrann aig casan na leapa; dà earrann aig an dorus-chadha, agus dà earann aig an dorus mhòr, agus a h-aon air taobh a mach an tighe.

Dhùisg am famhair, agus ghlaodh e, "Am bheil sibhse 'nur cadal?"

"Cha 'n 'eil fathast," ars an ubhall a bha aig ceann na leapa. An ceann ghreis ghlaodh e rithist. "Cha'n 'eil fathast," ars' an ubhall a bha aig casan na leapa. Greis an déigh sin, ghlaodh e rithist. "Cha 'n 'eil fathast," thubhairt an ubhal aig dorus a chadha. Ghlaodh am famhair a rithist, 's fhreagair an ubhal a bha aig an dorus mhòr. "Tha sibh a' dol ni's faide uam," ars' am famhair. "Cha 'n 'eil fathast," ars' an ubhal a bha air taobh a mach an doruis. "Tha sibh a teicheadh," ars' am famhair.

Leum am famhair air a chasan, agus gu ruig an leabaidh chaidh e; ach bha i gu fuar, fàs. "Tha cuilbheartan mo nighinn féin a feuchainn rium," thubhairt am famhair. Air an tòir ghabh e.

Am beul an latha, thuirt nighean an fhamhair, gu 'n robh anail a h-athar a losgadh a droma. "Cuir do làimh gu luath," ars' ise, "ann an cluais na loth dhuinn, agus ge be ni gheibh thu innte tilg 'na d' dhéigh e."

"Tha bior de sgitheach an so," thubhairt esan.

"Tilg as do dheigh e."

Cha luaithe rinn e so, na bha fichead mìle de sgitheach cho tiugh ann 's gum bu ghann do neas dol troimhe. Thàinig am famhair 'na dheann 's sud e 'n coinneamh a chinn 's amhach anns an sgitheach!

"Tha cuilbheartan mò nighinn féin an so mar an ceudna," thubhairt am famhair; "ach na 'm biodh agamsa mo thuagh mhòr 's mo chorc choille an so, cha b' fhad' a bhithinn a dèanamh rathad troimhe so." Thill e dhachaidh air son na tuaidh mòire 's na corc choille, agus gun teagamh cha robh e fad a' dèanamh rathad troi 'n sgitheach. "Fàgaidh mi 'n tuadh 's a chorc choille 'n so, gus am till mi," ars esan.

"Ma dh' fhagas," thuirt feannag a bha ann an craobh, "goididh sinne iad."

"Ni sibh sin fhéin," ars' am famhair; "ach cuiridh mise dhachaidh iad." Thill e agus dh' fhàg e iad aig an tigh.

Ann an teas an latha mhothaich ise anail a h-athar a losgadh a droma. "Cuir do mheur ann an cluais na lotha, agus tilg na gheibh

thu innte as do dhéigh.”

Fhuair e sgealb de chlach ghlais 's thilg e as a dhéigh i.

Ann am prioba na sùla, bha fichead mìle de chreag mhòr ghlas air leud 's air àirde as an déigh. Thàinig am famhar 'na dheann, ach seachad air a' chreig cha robh comas dha dol. “'Se cuilbheartan mo nighinn féin rud is cruaidh' a thachair riamh rium,” ars' am famhair. “Ach na 'm biodh agamsa mo gheamhlag 's mo mhatag mhòr cha b' fhad a bhithinn a dèanamh rathad troimh 'n chreig so cuideachd.” B' fheudar tilleadh air an son, agus b'e féin gille sgoltadh nan clach! Cha robh e fada a deanamh rathad troimh 'n chreig. “Fàgaidh mi an acfhuinn an so, 's cha till mi tuilleadh.”

“Ma dh' fhagas,” ars' an fheannag, “goididh sinn' iad.”

“Tha sin 's a roghainn agad; cha 'n 'eil tìm tilleadh ann.”

Ann am bristeadh na fàire thubhairt nighean an fhamhair gu'n robh i mothachainn anail a h-athar a losgadh a droma. “Seall ann an cluais na lotha, a mhic an rìgh, air neo tha sinn cailte.” Rinn e so agus 's e aotroman làn uisge a bha 'na cluais air an am so.

“Tilg 'na d' dhéigh e,” arsa nighean an fhamhair. Rinn e so, agus bha loch uisge fichead mìle air fad 's air leud 'nan deigh. Thainig am famhair air aghaidh, ach leis an astar a bh' aige, bha e ann am meadhoin an loch, agus chaidh e fodha, 's cha do dh' éirich e ni's mò.

Air an ath latha, bha a chuideachd òg air tighinn am fradharc tigh athar-san. “Nis,” ars' ise, “tha m' athair bàite, 's cha chuir e dragh tuilleadh oirnn. Ach mu 'n d' theid sinn ni 's faide,” ars' ise, “rach thusa gu t' athar, agus innis gu 'bheil mo leithid-sa agad; ach am bonn a tha agad ri 'dheanamh, na leig le duine no creutair do phògadh: oir ma ni thu sin, cha bhi cuimhn' agad gu 'faca tu riamh mi.”

Chuir gach neach mar a bha tachairt air fàilte is furan air, 's thug e àithne d'a athair 's d'a mhàthair, gun esan a phògadh; ach mar a bha 'n tubaist an dàn, bha seann mhial-chù de ghalla 'steach 's dh' aithnich i e, 's leum i suas ri bheul; na dhéigh sin dhi-chuimhnich e nighean an fhamhair.

Bha ise 'na suidhe aig taobh an tobair mar a dh' fhàg e i, ach cha robh mac an rìgh a' tighinn. Ann am beul na h-oidhche streap i suas ann an craobh de dharach a bha ri taobh an tobair. Luidh i ann an gobhall na craoibhe fad na h-oidhche sin.

Bha tigh aig greusaiche dlùth do'n tobar, agus mu mheadhon là a màireach, dh' iarr an greusaich air a mhnaoi, i 'dhol airson deoch dha as an tobar. 'Nuair a rainig bean a ghreusaiche an tobar, 's a chunnaic i faileas na té a bha anns a chraoibh, air saolsinn dh' ise gu 'm b'e faileas fein a bh' ann ('s cha do shaoil leatha gu so gu 'n robh i co brèagha), thug i tilgeil do'n chuman a bha 'na

làimh, 's bhrìst i ris an talamh e, 's thug i 'n tigh oirre gun chuinneag gun uisge!

“C’ait am bheil an t-uisge, a bhean?” thubhairt an greusaiche.

“A bhodaich leibidich, shuaraich, gun mhaise, dh’ fhan mi tuilleadh is fada 'n am thràill uisge 's connaidh agad.” “Tha mi féin a smaoineachadh, a bhean, gu’n deach thu air bhoile; falbh thusa a nighean, gu luath 's faigh deoch do d’ athair.”

Dh’fhalbh a nighean, agus air an dòigh cheudna thachair dhi. Cha do shaoil leatha gu so gu 'n robh i co tlachdmhor, 's thug i 'n tigh oirre.

“Nios an deoch,” ars’ a h-athair.

“A pheallaig bhodaich nam bròg, an saoil thu gu 'bheil mise gu bhi 'm thràill uisge agad.”

Smaoinich an greusaiche bochd gu 'n d’ thug iad car as am beachd, 's dh’ fhalbh e féin do 'n tobar. Chunnaic e faileas na gruagaiche san tobar, 's dh’ amhairc e suas do 'n chraoibh 's faicear am boirionnach bu bhrèagh a chunnaic e riamh. “’S corrach do shuidheachan ach 's maiseach do ghnùis,” thubhairt an greusaiche. “Thig a nuas, oir tha feum dhuit car ùine gheàrr 'nam thigh-sa.” Thuig an greusaiche gu’m b’e so am faileas a chuir a chuideachdsan air bhoile. Thug an greusaich i gu thigh 's thubhairt e rithe, nach robh aige-san ach bothan bochd, ach gu 'm faigheadh i a cuid dhe na bh’ ann.

An ceann latha na dhà 'na dhéigh so, thàinig triùir fhleasgach uasal gu tigh a ghreusaiche, airson brògan a dhèanamh dhoibh, 's an rìgh air tighinn dhachaidh, agus e 'dol a phòsadh. Ach sùil do 'n d’ thug na fleasgaich, chunnaic iad nighean an fhamhair, 's ma chunnaic, cha 'n fhac iad riamh te cho bòidheach rithe.

“’S ann agad a tha 'n nighean bhòidheach an so,” thubhairt na fleasgaich ris a ghreusaiche.

“Ach cha 'n e mo nighean-sa th’ ann.”

“Naile!” arsa fear dhiubh, “bheirinn féin ceud punnd air son a pòsadh.”

Thubhairt an dithis eile a leithid cheudna.

Thubhairt an greusaiche bochd, nach robh gnothuch aige-san ri a dheanamh rithe.

“Ach,” ars’ iadsan, “farraid thusa dhi an nochd, agus leig fios ugainne 'màireach.”

Nuair a dh’ fhalbh na h-uaislean, dh’ fharraid i do’n ghreusaiche, gu dé sud a bha iad ag radh

mu deibhinnse.

Dh' innis an greusaiche dhi.

"Falbh 'nan déigh," ars' ise; "pòsaidh mi fear aca a nochd fein, 's thugadh e leis a sporan airgid."

Dh' fhalbh an greusaiche 'nan déigh, 's dh' innis e 'n sin fein. Thill e 'n t-òganach. Thug e ceud punnd do 'n ghreusaiche, air-son tochar. Chaidh i a luidhe, agus an uair a bha aodach an òganaich dhe, dh' iarr air deoch uisge as a chòrn a bha air a bhòrd air taobh thall an t-seòmair; dh' fhalbh e, ach as a' sin cha d' thigeadh e fad na h-oidhche, is greim aig air an t-soitheach uisge. "Oglaich thu," thubhairt ise, "carson nach dig thu a luidhe?" Ach as a' so cha digeadh e, gus an robh an latha geal am màireach ann. Thainig an greusaiche gu doras an t-seòmair, agus dh' iarr i air an slaodaire ballaich sin a thabhairt air falbh. Dh' fhalbh an suiriche so, 's thug e 'n tigh air; ach cha do dh' innis e mar dh' éirich dha do 'n dithis eile.

Air an ath oidhche, thàinig an darna fleasgach, agus air an doigh cheudna nuair a chaidh i a luidhe, "Seall," thuirt ise, "am bheil an crann air an doras." Air a chrann ghabh a lamhan gréim, agus as a' sin cha d' thigeadh e fad na h-oidhche, as a' so cha d' thigeadh e gu latha geal am maireach. Dh' fhalbh e fo sprochd is nàire.

Coma co dhiu cha d' innis e mar thachair do 'n fhleasgach eile, agus air an treas oidhche, thàinig am fear eile, agus mar a thachair do'n dithis eile thachair dha. Am màireach thug e 'bhuinn as, 's cha 'n fhacas e sealltainn 'na dhéigh.

"Nis," ars' an nighean ris a ghreusaiche, "is leatsa an sporan òir, cha 'n 'eil feum agam-sa air; is feàird thus' e, agus cha mhisde mis' e, air son do chaoimhneis dhomh."

Bha na brògan ullamh aig a ghreusaiche, agus air an latha sin féin bha an rìgh gu pòsadh. Bha 'n greusaiche dol do 'n chaisteal le brògan nan òganach, 's thubhairt an nighean ris a ghreusaiche, "Bu mhaith leam sealladh fhaicinn de mhac an rìgh, mu 'm pòsadh e."

"Thig leamsa," ars' an greusaiche, "tha mi mion-eòlach air seirbheisich a' chaisteil, agus gheibh thu sealladh air mac an rìgh 's na cuideachd uile."

Agus an uair a chunnaic na h-uaislean am boireannach bòidheach a bha 'n so, thug iad i do sheòmar na bainnse, agus lion iad gloinne fìon dhi. 'Nuair a bha i dol a dh' òl na bha sa ghloinne, chaidh lasair aiste, agus leum calman òir 's calman airgid as a' ghloinne. Bha iad ag itealaich mu 'n cuairt, 'nuair a thuit trì gràinnean eòrna air an urlar. Leum an calman airgid agus ithear sud. Thubhairt an calman òir ris, "Na'm biodh cuimhn' agad 'nuair a chairt mi 'm bàthach, cha 'n 'itheadh tu siud gun chuid a thoirt dhomhsa." A rithist thuit trì gràinnean eòrn' eile, 's leum an calman airgid agus ithear siud mar an ceudna. "Na'm bitheadh cuimhn' agad 'nuair a thubh mi 'm bàthach

cha 'n itheadh tu siud gun mo chuid a thoirt dhomhsa," ars' an calman òir. Tuitear tri ghràinnean eile, 's leum an calman airgid agus ithear siud cuideachd. "Na 'm biodh cuimhn' agad 'nuair a chreach mi nead na pioghaid, cha 'n 'itheadh tu siud gun mo chuid a thoirt dhomhsa," ars' an calman òir. "Chaill mi 'n lùdag 'ga d' thabhairt a nuas, agus tha i dhith orm fathast."

Chuimhnich mac an rìgh, 's dh' aithnich e co a bh' aige. Leum e far an robh i, 's phòg e i bho làimh gu beul, agus an uair a thàinig an sagart phòs iad an darna h-uair! Agus dh' fhag mis' an sin iad.- Sgeulachd.

[TD 54]

[Vol. 12. No. 7. p. 6]

LAGHANNAN TEAS.

AIG an fhocal Teas, tha dà bhrìgh; is ciall do aon diubh an teas a mhothuichear nuair a chuirear an làmh am fagus do dh' iarunn teth; agus do 'n aon eile, aobhar an teas ud.

'S i barail dhaoine ionnsuichte gur stuth corporra aobhar-teas; gu bheil smùirneanan an stuth so a ghnàth a' dealachadh o chéile, agus air an tarruing a dh' ionnsuidh gach nì eile. Tha e co aotrom 's nach gabh e tomhas; tha e a làthair anns gach rud, agus cha ghabh e sgaradh uapa. Bàigh do rud seach rud cha 'n eil aige: ma chuirear peileir iarunn, dearg theth ann am mèis do dh-uisge fuar, tha 'n teas a' grad fhàgail an iarunn 's a gabhail a steach do 'n uisge, a ta a nis 'ga theasachadh agus ag at. As a' mhéis gabhaidh e a rathad, agus sgaoilidh se e féin gu cothromach am measg gach nì a ta mu 'n cuairt; agus on an dòigh so tha gach nì air aghaidh an t-saoghail 'ga ghiùlan féin a thaobh teas.

Tha na rioghachdan teth a ghnàth a' cur teas a dh' ionnsuidh nan rioghachdan fuar; air chor agus nan sguireadh gathan na gréine o bhi 'nan aobhar teas, agus nan seasadh an saoghal, gum bitheadh ann an ùine ghoirid, teas an t-saoghail air fad ionann. Theirear, ma dh' fhaidte "ciod è fuachd? an stuth corporra esan?" Cha 'n e, is neo-làthaireachd teas e.

Feòraicheamaid a nis ciamar tha teas a' siubhal o rud gu rud. Tha so a' tachairt ann an dà dhòigh: air a' cheud dòigh tre bheantuinn; 's e sin r'a ràdh gu bheil na nithe co dluth air a chéile 's gu bheil iad a' beantuinn; 's an dara h-àite tre ghathachadh, d' an ciall gu bheil an teas 'ga thilgeadh 'na ghathaibh o nithibh teth a dh' ionnsuidh nithe fuar nach 'eil a' beantuinn da, ach a tha astar uaithe, agus a tha air an teasachadh leis na gathan so. Ma chrochar peileir iarunn dearg theth ann an seòmar, tilgear an teas 'na ghathaibh o uachdar a' pheileir anns gach rathad a dh' ionnsuidh ballachan, mullach, agus ùrlar an t-seòmair tre 'bheil na gathan ag imeachd, ag at agus a' fàs ma's cudthromaiche, air chor agus gu bheil a' chuid is teotha aig mullach an t-seòmair, agus a' chuid is

fuaire 's is truime faisg air an ùrlar, Bho 'n ghriosaich gus an stairsneach tha na gathan air an tilgeadh sa' cheart dòigh. Chithear uaithe so gu bheil tuille teas a' tighin á griosaich air meadhon an ùrlair na bho ghealbhan na stuaidh, a tha 'ga thilgeadh ann an cuid mhór a dh' ionnsuidh na stairsnich, nuair tha griosach meadhon an ùrlair a' tilgeil a mach teas anns gach rathad.

Siùbhlaidh teas na 's luaithe tre chuid de nithibh na tre chuid eile. Ma chuirear ceann slait iarunn san teine, theid an teas roimhe gu grad, fàsaidh i air fad co teth 's nach urrainnear beantainn d'a ceann a mach gun losgadh, gidheadh faodar so a dheanamh ri slait ghloine no fhiodha: ann an ùine glé ghèarr cha ghabh teas an iarunn fulang, nuair a dh' fhaodar beantuinn do 'n t-slait ghloine gu oirleach o'n chuid a tha san teine, agus aig an àm 'ga leaghadh leis an teas.

Tha an clàr a leanas a' leigeadh ris duinn gu 'n siubhail teas troimh mhiotailtibh na's luaithe na troimh nithibh air bith eile

Or 1000 mionaid.
Airgiod 973 mionaid.
Copar 898 mionaid.
Iarunn 374 mionaid.
Iarunn-geal 303 mionaid.
Luaidh 179 mionaid.
Marmor 23 mionaid.
Criadh Fhinealta 12 mionaid.

Chithear a nis gu 'n siubhail teas còrr agus ceithir fichead uair na 's luaithe tre òr na tre chriadh. Air an aobhar so tha làmh a' choire iarunn-ghil, phrais no chopair, gu bitheanta do dh-fhiodh; cha loisg an spàin adhairce as a' mhèis theth eanbhraich, an teanga mar a ni spàin fheòdair no airgid; gleidhidh a' phoit chreadha an t-uisge no 'n ti na's faide teth na a' phoit mhiotailt. Tha fios aig gach neach gu bheil gloine brisg, gu sònruichte ma theid a teasachadh gu cabhagach, no ma tha i tiugh; ma chuirear uisge goileach ann an gloine thiugh, is bitheanta leatha bristeadh: tha an taobh a stigh d' am bheil an t-uisge a' beantuinn ag at leis an teas, nuair tha 'n taobh a muigh fuar agus mar a bhà e; agus mar so tha a' ghloin a' bristeadh. Ma tha 'ghloine tana 's ma theannaichear a dà thaobh gu h-athaiseach agus gu cothromach cha'n eil eagal dhi. Leigidh an clàr a leanas ris, an ùine 'ghabhas teas a dhol tre stuthaibh còmhdaich:

Athar (beumlaidir) 576 mionaid.
Lion 1032 mionaid.
Clòimh-Chotain 1046 mionaid.
Clòimh-Chaorach 1118 mionaid.
Sìoda 1284 mionaid.
Bian beiste duibhe 1296 mionaid.
Clòimh-teach a' gheòidh-Eidein 1305 mionaid.
Bian Maighiche 1315 mionaid.

Tuigear a nis gu bheil an cinne-daonna ceart a thaobh stuth

còmhdachaidh: anns na cearnaibh teth tha cotan agus lìon 'gan gnàthachadh; ann am Breatunn, gu sònruichte 'sa gheamhradh, tha stuthan de chlàimh nan caorach, agus sìoda 'gan caitheamh, agus anns na rìoghachdan a's fuaire, mar tha <eng>Russia, Norway,<gai> agus America mu thuath, tha iad 'gan còmhdachadh féin le béin nam béiste fiadhaich. Cha 'n eil barrachd teas a chòmhunidh ann am bian na th' ann an cotan; ach gabhaidh teas tuillidh ùine a shiubhal troimh bhian na troimh chotan, agus mar so gleidhidh còmhdach de bhian teas a' chuirp na 's fèarr na comhdach cotain. Cumaidh bian no clòimh a mach teas air a' cheart dóigh. Ann an dùthchanna teth tha 'n eigh reòta 'ga còmhdachadh le plaideacha geal olla 's na tighibh-eighe, a chumail air ais teas na gréine agus an talaimh. Mar is faide agus is mìne am fionnadh 's ann is blàithe e. Air ceithir-chasaich nan cearnaibh teth, tha fionnadh garbh, goirid agus tana, nuair tha luchd nan dùthchanna fuar air an sgeadachadh le clòimh no fionnadh tiugh, fada, min. Tha eunlaith, a chionn gu bheil an fhuil aca teth, air an còmhdachadh gu pailt; tha 'n còmhdach acasan, ri 'n goirear iteagan, aotrom agus sleamhuin chum ruith tre 'n athar, agus gleidhidh e teas an cuirp a stigh gu ro-mhath. Air eòin-athair nan cearna fuara tha barrachd còmhdachaich na tha air luchd nan cearna teth; agus air na h-eoin-uisge, no mhara, tha a thuilleadh air na h-iteagan, móran de chlàimhtich mhìn mu bhun nan iteagan, gu sonruichte air am broilleach, far am buail an tonn iad air an t-snàmh. Tha clòimh a' gheóidh-éidinn ro-luachmhor, agus air a h-uidhsneachadh ann an leapaichean rìghrean: cosdaidh punnd air chudthrom dhi punnd-Sasunnach, gu sònruichte do 'n t-seòrsa a spìonas an t-eun féin o bhroilleach a linnigeadh a nìd. Tha muinntir na Tir-Uaine <eng>(Greenland)<gai> a' cleachdadh an linnig so a thoirt as an nead air dhi bhi crìochnaichte; tha 'n te ùr a tha 'n t-eun bochd a' deanamh á 'bhroilleach, air a goid mar an ceudna, chum a reic ris a' mharsanda. Do 'n mhuic-mhara, an ròn, agus bheathaichibh mara eile, thug an Cruith-fhear còmhdach do dh-ùille no reamhrachd, a tha 'cuartachadh gach mìr d' an corp, agus mar so a ghleidheas a stigh teas an cuirp. Air a' mhuic-mhara tha 'n còmhdachadh so gu bitheanta bho ochd gu fichead òirleach air tiuighead.

Cha 'n eil gathan an gréine air an rathad a dh' ionnsuidh an talaimh a' teasachadh an athair, gus am buail iad air an talamh agus am bheil iad air an tilleadh do 'n athar. Their cuid nach do smuaintich a bheag uime so, nach urrainn sin a bhi ceart, a chionn gu bheil na dùthchanna fo 'n ghréin na's teotha na iadsan tha fad uaipe. Cha 'n eil teagamh sam bith nach 'eil teas an athair na 's mò anns na ceud chearnaibh; ach ma thà, 's ann a chionn gu bheil orra-san gathan na gréine a' bualadh na's dìriche air an talamh, agus mar sin gu bheil an talamh a' tilgeadh air ais do 'n athar tuillidh teas. Nam biodh gathan na gréine a' teasachadh an athair air an rathad o'n ghréin gus an talamh, bu chòir do mhullach beinne bhi na bu teòtha na a bun: ach tha fios aig gach neach nach 'eil a' chùis mar so: mar is àirde théid sinn's ann is mò am fuachd.

Tha mullach beinne fichead mìle troidh air àirde na's faisge air a' ghréin na an còmhnard aig a bun; gidheadh ann an dùthchanna teth, feudaidh an teas a bhi co mór gu h-ìosal 's nach urrainnear obair

sam bith a dheanamh, gu sònruichte air a' bhlàr a mach, ré teas an latha, nuair tha mullach na beinne geal le sneachd agus eigh, a bha 'n sin bho linn gu linn. Tha so mar so air beanntaibh Asia agus America mu dheas, agus 'sna cearnaibh sin tha aimsir gach seòrsa dùthcha a réir mar a dhìrear o'n chomhnard gus am mullach. Gu h-ìosal tha 'n aimsir teth, mar aimsir nan Innsean: aig àirde sè mìle no ochd mìle troidh, tha 'n aimsir cosmhuil ri aimsir na Frainge, 'nuair aig airde trì no ceithir mìle-deug troidh, tha 'n aimsir mar a gheibhear i anns na h-àitean a's faide mu thuath, a tha 'n còmhnuidh còmhdach le sneachd agus eigh. Rachadh na h-àitean tha dlùth air a' ghréin a losgadh gu tur mur bhith an t-athar no a' ghaoth: 'nuair tha a' ghrian a' bualadh air an talamh, tha 'n teas, ann an cuid mhòr, a' tilleadh air ais do 'n athar 'ga theasachadh agus 'ga fhàgail na's eutruime, air chor agus gu bheil a' chuid so do 'n athar a nis ag éiridh an àird, agus gu bheil a' chuid a bha gu h-àrd a' téarnadh, agus a' gabhail 'àitesan. Tha 'chuid so a nis 'ga theasachadh le teas an talaimh agus a' dìreadh: tha mar so cuid a' dìreadh agus cuid a' téarnadh. Tha a' chuid do'n athar a th' air uachdar talaimh nan cearnaibh tha dlùth do 'n ghréin 'ga theasachadh co mòr agus co h-ealamh 's gu bheil e a' grad éiridh suas; tha a' chuid fhuar do 'n athar a' ruith 'na àite. 'Nuair tha 'n teas a' bualadh gu làidir agus gu grad, tha'n obair so a' dol air a h-aghaidh co luath, tha am muthadh co ealamh, agus luas an athair co mòr agus gu bheil gaillionn mhór nan stoirm ag éiridh, agus, gu bitheanta, a' deanamh millidh; ach chitear a nis nach b' urradh do laghanna nàduir bhi air an cur air an aghaidh gun an t-athar, nach biodh feum annsan mur biodh e comasach air ruith o àite gu h-àite, gum fàsadh e ann an ùine ghearr, salach le anail bheò-chreutairean (oir cha las coinneal, agus cha mhair creutair beò ann an athar a theid a tharruing mar anail ré móran uairean) le smùid theineachan, droch bholaidhean, co làn do phuinsionan a chruinnicheadh air fad dlùth do'n talamh, air dhoibh a bhi na's truime na 'n t-athar glan, 's nach b' urrainn do bheò-chreutair sam bith a tharruing mar anail, agus gum bàsaicheadh iad. Chitear a nis gu bheil athar nan aiteacha teth a' ruith a dh' ionnsuidh nan cearnaibh fuara, 'gan teasachadh agus 'gan cumail o bhi 'nan eigh thioram chruaidh; agus gu bheil athar nan àiteachan fuar a' ruith a dh' ionnsuidh nan cearnaibh teth, 'gan cumail o bhi air an losgadh. Mar is mò a sheallar a stigh air oibribh nàduir, is mó a neartaichear ar creideamh ann am bith, gliocas, cumhachd agus mòrachd Dhé.

ROB RUADH.

[TD 55]

[Vol. 12. No. 7. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic
AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR

Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prisean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.

A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>

FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.

<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,

FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.

Airgead ri thoirt seachad an iasad.

UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>

An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.

Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>

BATHAR CRUAIDH.

Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,

DOTAIR FHIACAL.

OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>

URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>

URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.

An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>

URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE

anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>
CORPAICHTHE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha BANCA-CAOMHNAIDH ann anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3%'sa bhliadhna.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

[Dealbh]
A. J. BEUTAN,

(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na huile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>

Sidni, Feb. 8, '01.

A. J. BEUTAN.

Bathar Cruaidh

Tuaghannan

Saibh

Locraichean

Glaskan

Tairnean

Sgionan, etc.

Aonghas Mac Leoid

Paipear-balla

Paint

Olla

Putty

Varnish

Gloine

Etc., etc.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.

M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

Oran a Mhathan.

A CHARAID:—Tha "Peigidh Phabach" a' faighneachd có rinn an t-òran so; cha robh fios aig an Domhnull o'n d' fhuair i e có b' ùghdar dha.

B'e Aonghus Domhnullach—"Aonghas mac Dhomhnuill 'ic Iain Bhàin" a b' ainm do'n fhear a chuir ri cheile "Oran a Mhathain." Bha e chòmhnuidh ann am Mùideart, an siorrachd Antigonish. Chaochail e

coig bliadhn' deug air fhichead air ais. Bha an t-òran glé mheasail ri mo cheud chuimhne-sa. Thachair na driodartan a tha e 'g iomradh 'san òran do'n mhathan, ma b' fhior, an caochladh àiteachan air feadh sgìreachdan Mhùideart, Chnòideart is Allt a' Bhàillidh.

Do charaid dileas,
LEUGHADAIR.

<eng>Antigonish, N. S. Sept. 24, '03.<gai>

Cha robh ni bu mhò a chuir de dhragh air muinntir Chanada air a mhios a dh' fhalbh na an sgeul gu robh obraichean mora an t-"Soo" air an dùnadh suas. Bha na h-obraichean so air an cur air chois le cuideachd a chruthaich Mr. Clergue, Bha rathad iarunn, muillnean phulp, obair-iarunn, obair sholuis is rathad-sràide air an obrachadh leis an aon chuideachd agus bha na milleinean air an cosd riutha. Tha e coltach co-dhiu nach robh e 'n comas aon chuideachd no aon duine ceartas a thoirt do'n liuthad seòrs' obrach a bha air an cùram. O chionn àireamh mhios bha 'n obair a dol air ais, agus mu'n fhicheadamh la de September sguir i gu ìre bhig gu buileach. Tha trì mìle 's coig ceud duine air am fàgail gun obair; agus roinn mhor de'n tuarasdail gun phàidheadh. Tha e ro-choltach gu robh tuilleadh 's a chòir de dh' airgiod air a chosd ris an obair, 's gu'n do mhill sin creideas na cuideachd.

Bha fear Iain Mac-Coinnich air a mharbhadh air an rathad-iarunn faisg air <eng>Reserve Mines<gai> oidhche Di-luain s'a chaidh. Bha e na 'shìneadh air an rathad faisg air tigh òil a th' air a chumail le fear Wadden anns 'n do chuir e seachad a cheud chuid de'n oidhche. Bha 'n daorach air a fàgail an taighe agus thuit e na 'chadal air an t-slighe dhachaidh 's bha e air a mharbhadh le càr. Bha e na dhuine singilte, ceithir bliadhna fichead a dh' aois, agus dh' fhàg e na 'dheigh a mhàthair a tha na 'bantraich.

Tha coithional Cléireach Glace Bay air a roinn. Tha an coithional ùr a cumail sheirbhisean ann an Talla Victoria, agus bidh iad an ùine ghoirid deas air-son gairm a thoirt do mhinistear. Tha an seann choithional mar a b' àbhaist anns an eaglais. Tha iad san mar an ceudna dol a ghairm ministear ùr, air do Mhr. Forbes 's do Mhr. Meikle air chomhairle na Cléire an ceangal ris a choithional fhuasgladh.

Iadsan a Phaigh.

Iain M Mac Neill, Sidni Tuath
Bantrach Mhic Cuithein, <eng>Glace Bay<gai>
M I Mac Aonghais, <eng>Glace Bay<gai>
Iain M Mac Fhearghais, Port Morien
An t-Urr Alasdair Ros, Hogamah
Niall Mac Leoid, an Abhainn a Tuath
Murchadh Domhnullach, an Abhainn a Tuath
Caipt Domhnull Caimbeal, Bras d'Or Mor
Iain Moireasdan, an Gut a Deas

Domhnull Mac Gilleain, Mèinn Chaledonia
An t-Urr Domhnull Mac Eamuinn, Sidni
Alasdair D Domhnullach, Sidni
Iain Mac Fhionghain, Sidni
Seumas Domhnullach, Sidni
An t-Urr A I Domhnallach, <eng>Whitney Pier<gai>
D H Mac Leoid, <eng>Whitney Pier<gai>
Iain A Mac Gillebhràth, <eng>Port Hood<gai>
Micheal L Mac Fhionghain, <eng>Lakevale<gai>
Aonghas Moireasdan, <eng>Lakevale<gai>
Domhnull Mac Phàrlain, <eng>Cox Heath<gai>
Aonghas Mac Leoid, Port Morien
Bean Iain Mhic-Nìmhain, Catalone
Alasdair Mac Neacail, Tom a' Bheithe
P D Mac-an-t-Saoir, Rathad nam Frangach
Aonghas Domhnullach, am Bàgh an Ear
Mairi Nic-Phéitiris, <eng>Grand River<gai>
An t-Urr U A Mac-a-Phearsain, Bail'-Iain
Iain Benton, Tàilleir, Ridse Mhabou
Iain B Gillios, Gleann nan Sgitheanach
Leslie G Mac Corison, Nyanza
Domhnull Mathanach, <eng>Carribou Marsh<gai>
Iain Mac Aonghais, Allt nam Breac, Mira
Alasdair Mac Leoid, Allt nam Breac, Mira
Anna P Nic Laomuinn, <eng>Tiverton, Ont<gai>
Onarach A Mac Gillebhràth, Antigonish
Eachunn Mac-a-Phi, <eng>Brant, Mich<gai>
Iain R Domhnullach, <eng>Ryegate, Vt<gai>
An t-Olla J D Prince, <eng>Sterlington, N Y<gai>
Uilleam Mac Aoidh, Inbhirnis, Alba
Seumas Craigie, Peairt, Alba
Iain Rothach, Rudha Mharsden, N. Z.
Iain Ceampach, <eng>Waipu, N. Z.<gai>
Alasdair Ceampach, <eng>Waipu, N. Z.<gai>
Iain F Mac-a-Ghobha, <eng>Fort Steele, B. C.<gai>
Calum Mac-a-Ghobha, <eng>Belfast, P. E. I.<gai>
Ceit F. Nic Leoid, <eng>Peveril, Que.<gai>

Ma chuireas "X. Y. Z." ugainn 'ainm 's a shloinneadh gheibh e MAC-TALLA. Fhuair sinn a chuid airgid, ach cha 'n fhoghainn "X. Y. Z." mar ainm dha. Cha ruigeadh am paiper e.

POSADH.

Air an 16mh là de September, leis an Urr. D. Drummond, R. S. Grand, Hillside, ri Beitidh A., nighean Iain Mhic-Coinnich nach maireann, <eng>New Dominion,<gai> Boulardarie.

MO RUN AIR MO LEANNAN.

LE BAINTEGHEARNA D'OYLY.

LUINNEAG.

Mo rùn air mo leannan,
'S tu dhùraichdinn 'leantuinn;
Gur cùbhraidhe t' anail na ròsan.
Mo rùn air mo leannan,
'S tu dhùraichdinn 'leantuinn;
'S beag ioghnadh gach caileag bhi 'n tòir ort.

'S math thig air mo ghràdh-sa
Còt' grinn air dhath sgàrlaid;
'S ann aig tha 'n cùl fainneach a's bòidhche;
Sùil mheanmnach, chiùin, mheallach,
Nach feargach a sheallas,
'S bu dearbh thu ri d' ghealladh an còmhnuidh.

Nuair chìteadh air làr thu,
Ged b' eireachdail càch ann,
Do cheum-s' bheireadh bàrr air na 's leòir dhiu;
'S air sràidean Dhuneideann,
'S tu gluasad gu h-eutrom,
Bhiodh miann aig gach té air do phòsadh.

Bha fleasgaich na dùthcha
Gam shireadh le sùgradh,
'S bha iomadh fear cùirteil an tòir orm.
'S i 'n uaisle 'bha'd ghiùlan
A choisinn mo rùn-s',
Ach 's e mealladh do shùilean a leòn mi.

Phòs Maidsear Tomas Ros Iseabal, nighean do dh-Iain Mac-Leoid,
triath Raasaidh, agus bha da nighinn aca, Ealasaid is Iseabal. Bha
Ealasaid na bana-bhàrd. Bha i pòsda ri Sir Tearlach D'oyly.
Chaochail i 'sa bhliadhna 1875.

IORRAM NA H-IMRICH CHUAIN.

LEIS AN URR. DOMHNALL MAC-RATH.

Chaidh sinne gu tràigh,
A choimheadachd chàich;
Cha till iad gu bràth an taobh so!

Long iaruin fo 'm bonn,
A sadradh nan tonn;
Tha feadhainn am fonn, 's cuid tùrsach.

Clann bheaga ri gàir',
Am màthair fo phràmh,
Fir mhor' ann an sàs 's iad ciùrrte;

[TD 56]

[Vol. 12. No. 7. p. 8]

'Fras-shileadh nan deur
Gu tosdach, ach geur,
A sealltuinn na 'n déidh le cùram.

Iad-féin dol an iar,
'S an talamh 'dol siar;
Cha 'n fhaicear leo sion ach Mùirneag.

Seall! Mùirneag dol uap'
'Dol fodha 'sa chuan,
'S fir 's mnathan gun tuar ga 'h-ionndrainn.

Tha 'n cridhe ga chnàmh,
'S iad fagail ri 'n là
Nan eolach 's nan daimh bha 'n rùn orr'.

Ni eil' tha na 'n déidh,
Ach 's ni e nach tréig,
Blàth chomunn là Dhé mu 'n chùbaid.

Far 'n tric 'chruinnich sluagh,
A Shàbaid 's a Luain,
Le mor aire 's cluas do 'n sgeula.

Mo ghuidhe gach là,
Gun ruig luchd mo ghràidh
Fa-dheoidh cala 's fèarr na Cùibeic.

An t-soiridh so bhuam
'Dh-America tuath
Than caoraich is sluaigh mo chùrainn,

'N deagh bhuachaill' e-féin,
Biodh romhpa 's na 'n déidh
Ga 'n dìon o gach beud-sin m' ùirnigh.

C'AIT AN CAIDIL AN NIONAG?

LUIÑNEAG.

O c'ait an caidil an nionag an nochd?
O c'ait an caidil an nionag?
Far an caidil an nionag an nochd,
Is truagh nach robh mi fhìn ann.

An uair a dh' fhàg an long an cala
Bha mo leannan fhìn innt';
Is b'e mo mhiann bhith air na tonnaibh
Far an robh mo nionag.

An uair a thog iad rithe siùil
Bha mise tùrsach, cianail,
Is shuidh mi air a chnoc a b' àirde

Gus an d' fhàg i m' fhianais.

Is truagh nach robh mi 'measg nam ball
Ri bàrr nan crann a dìreadh;
'S gum faighinn sealladh de mo luaidh
Air druim a chuain ged bhiodhmaid.

'S ann agam fhin bha 'n nionag òg
Bu bhòidhche bha 'san tìr so;
A deud mar chailc, a gruaidh mar ròs,
'S a pòg air bhlas an fhiona.

Cha robh duin' uasal bha mu 'n cuairt
A chunnaic snuadh mo nionaig,
Nach robh an geall air deanamh suas
Ri bean a chuailein riomhaich.

Is ann ort féin a dh' fhàs a ghruag,
'Tha buidhe, dualach, fìnealt';
Air dhreach an òir a's bòidhche snuadh
Na dhualaibh troimh na cìribh.

Ged bheirteadh dhomhsa na tha dh' òr
'S an Olaint 's anns na h-Innsibh,
Gum b' annsa leam bhith 'n nochd a seòladh
Còmhla ri mo nionaig.

Is mi 'tha diombach dhe mo bhràithrean,
'S dhe mo chàirdean dìleas,
A chum air ais mi gun do phòsadh
'S tu cho bòidheach, fìnealt'.

Cha doir guth binn nan teud no oran,
'S cha doir ceol na pìoba,
Is cha doir té a théid na còmhdach
Air mo bhròn-sa diobradh.

An so ma dh' fhàgas mis' am bliadhna
Fiachaidh mi le dìchioll,
Is seolaidh mi am mach a Grianaig
No a bhialaibh Lìte.

Theid mi do thìr nan coilltean mòra,
'S gheibh mi pòg bho m' nionaig;
'N sin teichidh m' airsneal is mo bhròn,
Is tillidh sòlas cridh' rium.

Bha Domhnall Og Mac-Cuithein-Domhnall mac Fhionnlaidh—a comhnuidh an Tota an Trotairnis san Eilein Sgitheanach. Dh' fhàg e Tota is chaidh e dh' fhuireach do Chille-Mhoire mu 'n bhliadhna 1824. Phos e Peigi Pheutan, Peigi nighean Fhearchair Bhreabadair, agus bha coignear chloinne aige rithe, Alasdair, Iain, Domhnall, Mairi, agus Peigi. Rugadh Iain mu 'n bhliadhna 1809. Rinn e "C'àit an cadal an nionag" mu 'n bhliadhna 1828. Rinn e orain eile cuideachd. Bha e na dhuine

laidir, foghainteach. Chaochail e le caitheamh mu 'n bhliadhna 1835. Goirid an deidh bàis Iain thainig 'athair 's a mhàthair, Domhnall a bhrathair is a dhithisd pheathraichean do Cheap Breatunn. Dh' fhuirich Alasdair 'san t-seann dùthaich. Bha e a comhnuidh aig Port Cheasaig.

Bha Alasdair Peutan a comhnuidh am bràighe Chille-Mhoire. Thainig e do Cheap Breatann mu 'n bhliadhna 1829. B' i Catriona a nighean an nionag air an do rinn Iain Mac-Cuithein an t-oran.

AN COMUNN COMHALLACH.

LE IAIN SINCLAIR.

FONN:—"Mor nigh'n a Ghiobarlain."

LUINNEAG.

Air fàil il ithil ò ro,
Is hò-rin-o, seinnidh mi
Air fàil il ithil ò ro,
Is hò-rin-o, seinnidh mi,
Gu slàinte Comunn Chòmhaill,
Na seoid chridheil, eireachdail,
A chumadh suas a Ghàidhlig,
'S nach fàgadh air deireadh i.

Mo shoraidh-sa gu Còmhall,
Tir bhoidheach nan lusanan,
Nan seamair is nan neònain,
Nan ròs is nan subhagan,
Nan coilltean maiseach, ceolmhor,
Le smeoraichean luinneagach,
Nam machraichean 's nam mor-bheann,
Nam frog is nan sruthan glan'.

Is i sin tir a chaoibhneis,
An aoibhnis, 's an t-subhachais,
An oilein, is an eolais,
'S nan seod a tha curanta,
Is cumachdail, deas, ordail
Bho 'm broig 'suas gu 'm mullaichean;
'S iad deas-chainnteach gun bhoilich,
Is seolta gun chlupeireachd.

Cha leig mi 'chaoidh air di-chuimhn'
An tim bha mi maille riu;
Is och! is och! mo léireadh,
'S e dh' éignich thigh'nn thairis mi,
'Bhith faicinn nach robh stàth dhomh
'Bhith tàmh 'bheag na b' fhaid' an sin,
'S na glinn ga 'n cur fo chaoraich,
'S na laoich as an dachaidhnean.

Na fineachan d' an dualchas
'Bhith uasal is eireachdail,
Is dìleas d' an cinn-fheadhna
'S d' an rìgh is do 'n eaglais ac',
Ga 'm fogradh as an rioghachd
Le màl, cìs, is eascairdeas
Nan uachdaran mhi-thruacanta,
Chruaidh-chridheach, bhleidireach.

Ge deacair so na 'r sùil-ne,
Bha chùis air a suidheachadh;
Oir 's iomchuidh gum bi dùthchannan
Ur' air an tuineachadh.
'S gun Bhreatunnaich a shàrach'
Cha 'n fhàg iad an t-eilein ac',
Ged 's mor a b' fhearr do phàirt diu
'Bhith tàmh an America.

Ma 's e 's gum bi iad grìdeil
Is dichìollach, oidhirpeach,
Gun mhi-fhortan bhith 'n dàn dhaibh,
Ach slàn, laidir, adhartach,
Mu 'm bi iad fad' san tìr so,
Cho cinnteach 's tha coill' innte,
Bidh aca crodh is caoraich,
Biadh, aodach, 's mor ghoireasan.

Ged a tha 'n geamhradh cruaidh,
Reota, fuar, sneachdach, gaillionnach,
Bidh aca taighean blàth',
'S teine làidir a gharas iad,
Is cha bhith cùram fuachd daibh,
'S coille bhuan ri 'gearradh ac'.—
Ma thig sibh 'nall a Còmh'll,
Tha mi 'n dochas nach aithreach leibh.

<eng>The Canadian Bank of Commerce<gai>
RIS AM BHEIL AIR AONADH
<eng>THE HALIFAX BANKING COMPANY.<gai>

Earras Paidhte \$8,700,000
Airgiod Taimh 3,000,000

ARD OFIS, TORONTO.

AN T-ONORACH DEORSA A. COX,
Ceann-Suidhe.

<eng>B. E. WALKER,<gai>
Ard Mhanager.

Ofis an LUNNAINN (Sasunn) aig 60 <eng>Lombard St., E. C.
S. CAMERON ALEXANDER, Manager<gai>

Ofis an NEW YORK aig 16 <eng>Exchange Place,
WM. GRAY agus H. B. WALKER, Agents.<gai>

Tha ceud is ceithir meur dhe'n Bhanca so air feadh Chanada is nan
Staidean Aonaichte, am measg am bheil an àireamh a leanas anns na
Roinnean Iochdrach.

<eng>HALIFAX, H. N. Wallace, Manager.
Amherst Antigonish Barrington
Bridgewater Canning Lockeport
Lunenburg Middleton New Glasgow
Parrsboro Sackville St. John
Shelburne Springhill Sydney
Truro Windsor<gai>

Gach seorsa gnothuch banca.
Ceannaichear is reicear airgid is notaichean Breatunnach.
Gheibhear Litrichean Creideas de 'm faodar feum a dheanamh ann an
cearna sam bith dhe 'n t-saoghal.

BANCA CAOMHNAIDH.
Tha Banca Caomhnaidh a nise fosgailt aig gach meur dhe 'n bhanca.
Gabhar suim sam bith air riadh, eadhon suim cho beag ri aon dolar.

Meur ann an Sidni.
<eng>P. C. STEVENSON, Manager.<gai>

ANNS AN STOR UR
LE STOC MOR DE DH
Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula
ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE
air Sraid Shearlot.
<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

[Dealbh]

Bidh fìor chomhfhurtachd agad 'nad dhachaidh nuair a bhios gach
airneis us grinneas air a thaghadh le rian agus tuigse. Agus 's e 'n
ceud ni is coir aire fhaotainn am brat-ùrlair a theid air na
seomraichean. Gheibh thu againne
Brat-ùrlair is Airneis
dhe na seorsachan a's fhearr, agus gach ni eile air an cuir thu feum
air son breaghachd do thaighe.

Cuir a dh' iarraidh Leabhraibh anns am bheil gach ni a tha sinn a
creic air ainmeachadh. Paighidh sinn faradh do chearna sam bith de
Cheap Breatunn.

<eng>Gordon & Keith, A. T. GRANT, Manager.

SYDNEY & LOUISBURG R'Y.<gai>

TIM CHLAR.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh' Iun, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 7.59 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.35 a. m.

A fagail Shidni aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 9.43 a. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 10.35 a. m.

A fagail Louisburg aig 5.30 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 6.21 p. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 7.00 p. m.

A fagail Shidni aig 8.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 9.30 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

Mac-Talla.

Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.

Bliadhna, \$1.00

Tri Miosan, .30

Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu <eng>PUBLISHERS MAC-TALLA, Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 57]

[Vol. 12. No. 8. p. 1]

MAC-TALLA.

"An ni nach cluinn mi an diugh cha 'n aithris mi maireach."

VOL. XII. SIDNI, CEAP BREATUINN, DI-HAOINE, OCTOBER 16, 1903. No. 8.

LITIR O "C. C."

A CHARAID,—“Am fear a’s fhaide bhios beò ’s e ’s mò a chi.” Bha mise o cheann beagan ùine ann an earrann de Cheap Breatunn ris an canar Fourchu, ainm Frangach, ged nach ’eil an diugh cho fad ’s is aithne dhomh, Frangach ri fhaotainn o cheann gu ceann deth. Ach bha là eile ann. Bha aon uair, mar tha fios agaibh, còir aig na Frangaich air an tìr uile. Ach an uair a chaill iad Louisburg dh’ fhàg iad an nàbachd so air fad agus ghabh Gàidheil chòire seilbh air an àite.

Ach gu tilleadh ri m’ sgeul. Chunnaic mi rud ùr ann am Fourchu. Tha fios agam gu’n duirt Solamh nach robh ni sam bith nuadh fo ’n ghréin. Agus ged nach ’eil mise a’ cur teagamh sam bith ann am fìrinn gach focal a thuirt Solamh, anns an t-seadh anns am bheil iad ri ’n tuigsinn, gidheadh tha mi ag ràdh riut gu’m faca mise rud nuadh ann am Fourchu: agus is e sin a bhi fangadh nan giomach. Chuala ’s chunnaic sinn a bhi cur chaorach am faing, ach gus ’n do chinn e an ceann an Fhuineadair <eng>(Mr. Baker)<gai> cha do smaoinich duine riamh air na creutairean spògach ud a chur am faing. ’S e na giomaich iuchrach a thatar a cur ann. Tha lagh an aghaidh giomach a chur gu bàs a bhios ag giùlain sìolaich. Ach bha na h-iasgairean, gu tric, gu gòrach air an son féin, a bristeadh an lagha le bhi nigheadh an t-sìolaich dhiubh agus ga ’n toirt gu tìr. Bha na h-iasgairean mar sin a’ deanamh cron daibh féin. Nise, ’s e ’n rud a rinn <eng>Mr. Baker,<gai> a tha e fhein na fhear glacadh agus cornadh ghiomach, cairidh mhor a thogail a mach o thaobh a chladaich. Chuir e an sin fios gu iasgairean nan giomach, anns gach àite mu’n cuairt, gu’n robh esan a toirt a’ phrìs a b’ àirde air gach giomach iuchrach a bheirte ga ionnsuidh beò. Sin mar a bha. Thòisich na giomaich air tighinn nan ceudan ’s nam mìltean, ’s mar a bha iad a tighinn bha iad air an cur do’n chairidh. Bha aige ri ’m biadhach gach là cho cinnteach ’s cho cùramach ’sa bha e biadhach an eich anns an stàbull. Bha àireamh mhath de bharrailtean sgadain air an taomadh a mach uca gach maduinn gus ’n do dhealaich an sìolach riutha. Ann an ùine nach ro fada bha ’n t-uisge tiugh le giomaich bheaga nach bu mhotha na na ceann-phollagan. Chaidh an sin na màthraichean a thogail as an fhaing agus an leigeadh as thall ’s a bhos ri taobh nan cladaichean, agus chaidh dorus fhosgladh anns a chairidh agus cead an coise leigeil leis an àl òg. ’S e ’s dòcha, an ùine nach bi fada, gu’m fàg sin na giomaich na’s pailte air na cladaichean so na bha iad o cheann bhliadhnaichean.

Fhuair mi eòlas ann am Fourchu, ’s cha b’e sin an droch eòlas, air sàr charaide dhut fhéin, Mr. Niall Mac Gilleain. Bha mi air chuairt car ùine na dhachaidh fhialaidh. Thainig e o cheann ùine á “tìr a Mhurain.” Tha e, mar tha fios agad, a faotainn MHIC-TALLA agus a cur luach air.

Chaidh mi as a sin gu Framboise. ’S e ainm Frangach a tha sin mar an ceudna, ach ’s gann gu bheil Frangach an diugh an goir da. Fhuair mi eòlas ann am Framboise air caraid eile dhut, Mr. Tormod Mac Ascuill, a bha iomadh bliadhna na chomhairliche ann an siorrachd Richmond. Bha mi air aoidheachd fad seachduin maille ris-san, ’s cha do dh’ fhairich mi ’n t-seachduin idir fada na chuideachd. Thainig Mr. Mac Ascuill as na Hearradh, tìr nan Leòdach. Ged is ann ’san Eilein Sgitheanach a tha caisteal nan Leòdach, bha uair a bha na Hearradh o

cheann gu ceann aca, air dhòigh 's gu'n cainte gu minic Mac Leoid na Hearnadh ris a cheann-cinnidh sin.

Dé th' agad air, ach là de na làithean thug Mac Ascuill duine òg àrd, dreachmhor a nall air ghairdean, agus ars' esan rium fein, "So agaibh Ceann Liath!" Sheas mi 's sheall mi air. "An e so," arsa mise, "Ceann Liath? Is fhad' o'n bha eòlas a phinn agam air." Bha mi toilichte fhaicinn. Ach cha 'n e idir an duin' a bha mi 'n dùil a th' ann. 'S e mo bharrail nach 'eil gaoisnein liath na 'cheann. Sin agad gearr-iomradh air na chunnaic mi air mo chuairt aig an àm ud.

Tha mi fhein is Peigidh Phabach air duais a neach fhaotainn. Gu ma slàn do'n laimh a thug seachad na duaisean! Cha'n 'eil fios idir agam c'ait' am bheil Peigidh. Ma tha gus nach 'eil fios aice-se co mise, cha'n 'eil ni de dh' fhios agamsa co ise. Tha toil agam a faicinn agus crathadh laimhe thoirt dhi air sgàth an t-soirbheachaidh a bh' againn le chéile. Thainig an duais ormsa gun sùil ris. Cha do smaoinich mi aon uair air duais an uair a bha mi sgrìobhadh ga d' ionnsaidh. Thainig an rud a bh' ann orm mar sin am failmse. Cha duirt sin nach 'eil mi cur luach gu leòr air an duais.

Is cinnteach gu'm feum mise 's Peigidh a nise teannadh a leth-taobh agus leigeil le suinn eile feuchainn co bheir a mach na duaisean air an turus so. Bidh gach té is fear d'an aithne peann Gàidhealach a laimhseachadh a dol air obair. Coma leat co dhiu gheibh no nach faigh thu duais, co-dhiu ni thu feum dhut fein gus nach dean, ni thu feum do MHAC-TALLA; agus is e sin a tha dhìth oirnn-a' Ghàilig a chumail suas. Slàn leibh.

C. C.

LAGHANNAN TEAS.

Bho chionn beagan bhliadhnaichean bha Tigh-stòir nan ceairdean ann am Paris air bheul tuiteam; bha na ballachan a' brùchdadh a mach le cudthrom druim agus urlairean an tighe. Chomhairlich Mr. Mullard mòran tholl a dheanamh 's na ballachan, mu choinneamh a chéile: anns na tuill so chaidh a chur gadan mòr iarunn tre na seòmraichean bho bhalla gu balla, air chor agus gu'n robh ceann anns gach toll. Air na cinn bha bidhis <eng>(screw), <gai> agus do'n bhidhis so bha 'freagairt bidhis eile a bh' air a tionndaidh ann am meadhon lann tiugh làidir iarunn. Dh' fhadadh a nis téintean mòr a chum na sailthean iarunn a theasachadh; dh' at iad leis an teas air fad agus tiuighead air chor agus gu'n robh na cinn ni b'fhaide mach bho'n bhalla na bha iad air dhoibh a bhi fuar. Theannaicheadh na lannan leathann leis a' bhidhis ri taobh a' bhalla; air do'n t' sail fuarachadh, chrup i ann am fad agus gairbhead, agus tharruing iad na ballachan ni bu dlùithe. Rinneadh so a ris agus a rìs gus an do sheas iad dìreach. Tha cuid do rudan ann a tha ag at le fuachd, ach is gann iad. Ma dh' fhuaraichear uisge, ataidh e, bithidh e ni's eutruime agus fàsaidh e 'na eigh at ha 'snàmh air uachdar an uisge. Tha uisge ann an am fàs 'na eigh ag at co mòr agus gu'n sgoilt e na creagan, gu'n sgàin e soithichean prais agus iarainn. Lìonadh

toirmshlige <eng>(bombshell)<gai> le uisge, 'reothadh an t-uisge, agus a thiota sgàin i. Ann an slige eile làn do dh' uisge sparradh geinn iarunn tri puinnnd air cudthrom; reothadh an t-uisge agus air ball thilgeadh an geinn 138 slat air astar.

Nam bitheadh eigh ni bu truime na uisge, rachadh i fodha, cha ghleidheadh i teas an uisge agus gheibheadh an t-iasg bàs; rachadh gach leac do'n eigh mar a thigeadh air uachdar an uisge fodha gus an grunn, agus mar so thiormaicheadh ann an aon gheamhradh cruaidh reòtach gach sruthan, lochan, allt a's amhainn anns gach cearna air aghaidh an t-saoghail, agus dh' fhàgadh na cearnaibh ud, a tha 'nan àiteachan-còmhnuidh àillidh agus fallain do dhuine, ainmhidh agus iasg, 'nan fàsaichean tioram cruaidh anns nach maireadh creutair beò. Tha eigh dealrach geal, c'arson nach 'eil i uaine no dorcha? Tha i geal a chionn nach toir geal seachad do'n athar teas an talaimh no'n uisge a tha foidhe, agus dealrach airson tilgeadh air ais teas na gréine; nam bitheadh i dorcha, leaghadh teas na gréine i, oir rachadh na gathan troimpe. Nan robh sneachd dorcha, shùigheadh e gathan teas na gréine co h-ealamh, leaghadh e co grad anns na cearnaibh sam bheil a bheag no mhór do shneachda 's gu'n tigeadh e 'na aon bheum sléibhe a ghiulaineadh gach beò chreutair leis do'n fhairge. Ach a chionn gu bheil sneachda geal, tha teas na gréine, ga thilgeadh air ais ann an cuid mhòr do'n athar, agus tha sneachda leaghadh gu socrach; air a' cheert dòigh, a chionn gu bheil uisge ag at ann an am reothaidh tha eigh ni's eutruime agus a' snàmh air 'uachdar; a chionn gu bheil i dealrach cha leagh i gu h-ealamh agus cha mhò bheir i seachad teas an uisge a tha foidhe, air chor agus gu bheil na creutairean a th' anns an uisge a mairsinn beò an àite bhi air am milleadh, ni a thachradh, nan robh laghanna nàduir air atharrachadh càramh. Mar a tha fios aig gach neach, gabhaidh cuid do rudan tuilleadh teas airson an leaghadh na ghabhas cuid eile, agus is iomad ni a tha reòta ann an aon chearn a tha leaghte ann an cearna eile. Anns an eilein Melville, far an da chuir Caiptean Parry seachad geamhradh, bha an t-air-

[TD 58]

[Vol. 12. No. 8. p. 2]

giod-beò reòta mar eigh. Ann an dùthchanna teth tha céir agus ròiseid bog mar ìm. Anns an Reul Mercury a tha dlùth do'n ghréin, bhitheadh ròiseid, geir, céir agus iomad ni a tha cruaidh air an talamh so, tana mar uisge. Bhitheadh uisge, ùille agus spiorad, 'nan smùid mar steam no athar. A ris anns an Reul Herschel a tha naoi uairean deug ni's faide bho'n ghréin na tha an talamh so, bhitheadh uisge 'na eigh a ghnàth, bhitheadh ùille cruaidh mar ròiseid agus ghabhadh airgiod-beò leudachadh le òrd mar luaidh no fheòdar. Ciod an t-eadar-dhealachadh a' tha eadar eigh agus uisge? faodar a ràdh gu bheil uisge air a dheanadh de dheigh agus teas; 'nuair a tha eigh a' leaghadh, tha i 'gabhail a stigh teas, agus nuair a tha uisge 'reothadh, tha teas 'ga fhàgail. Tha cheart ni a' tachairt do shneachd. Feumaidh eigh cuid mhór do theas airson a leaghadh, agus tha cheart uiread 'ga thabhairt seachad a ris an reothadh. Nam

fàsadh uisge 'na eigh le cuibhrionn bheag do theas, reothadh gach uisge 's na cearnaibh fuar ann am beagan uairean. Ré an t-samhraidh tha teas nan cearnaibh teth air a shùghadh le eigh nan cearnaibh fuar agus tha móran teas 'ga thabhairt a mach le reothadh a' gheamhraidh, air chor a's co fad agus a leanas uisge ri reothadh no eigh ri leaghadh, cha bhi móran mùthaidh air na h-aimsirean.

Tha eigh 'ga h-uidhsinneachadh ann am mòran do ghnothuichean feumail; gleidhidh i feòil bho ghrodadh. Tha na h-Innseanaich Americanach a' cleachdadh bhi tabhairt do na bailtean Breatunnach sithionn nam fiadh air a pacadh ann an eigh, agus is minic tha soithichean di 'gan giùlan fad air astar gun ni mu 'n cuairt di ach eigh. Ann an dùthchanna teth, tha uile sheòrsachan deoch 'gam fuarachadh le eigh airson an òl. A deir Solamh "Mar fhuachd sneachdaidh ann an àm an fhogharaidh, tha teachdair dileas dhoibhsan a chuireas uatha e, oir ath-bheothaichidh e anam a mhaighstir."

Anns a' bhliadhna 1760 chuir marsantan Hamburg soitheach do'n Tir Uaine airson luchd eige a reic iad a rìs aig pris mhòr. Bha e 'na chleachdadh bho chionn beagan bhliadhnachan a bhi cur shoithichean luchdaichte le eigh do Jamaica, ach air uairibh thachair do'n eigh a bhi air a droch phacadh, leagh i agus chailleadh na soithichean. Tha tighean nan Escimàach air an togail do eigh a th' air a sàthadh mar chloich agus ga cur ri cheile: tha gach balla, stuaidh agus mullach do dh' eigh; air an taobh a stigh tha iad a' tilgeadh uisge a tha reothadh, agus 'ga shliogadh gus am bheil e 'na aon lic shleamhuin, a tha 'leigeil troimhe uiread do sholus agus a tha feumail.

Tha an t-athar a' luidhe le cudthrom cùig puinnd deug air aghaidh gach oirleach ceithir chearnach do'n talamh; gu bheil cudthrom aig an athar tha furasda a dhearbhadh. Ma tha phoit uisge a' goil gu làidir, cuiridh i thairis air a beul; thugadh am brod aisde agus sguiridh i chur thairis, a chionn gu bheil cudthrom an athair a nis air aghaidh an uisge. Do'n uisge tha sileadh, agus a' luidhe air uachdar an talaimh car tamuill, tha cuid 'ga ghiùlan air falbh mar cheo do'n athar agus tha cuid eile air a shùghadh leis an talamh. Bho uachdar na fairge agus gach loch, tha taisealdachd a chomhnuidh ag éiridh, air chor agus gu bheil aig gach am uisge an crochadh san athar. Anns a' mhuir Eadar Dha-Thir <eng>(Mediterranean)<gai> tha e air ìnnseadh dhuinn gu bheil an sruth a chomhnuidh a' ruith a steach tre chaol Ghibraltair, agus nach 'eil sruth air bith a' tilleadh as, ach gu bheil e ag éiridh mar cheò le teas na greine. Tha an t-uisge a tha ghnàth ag éiridh mar cheò a' tilleadh a ris a dh' ionnsuidh an talaimh mar dhrùchd no sileadh mar uisge a dh' fhionnarachadh agus a reamhrachadh a' ghruinnd, agus chum biathachadh nan aibhnichean. Tha cuid do'n uisge nach 'eil ag éiridh bho'n talamh a' dol fodha agus a' briseadh a mach theagamh astar mòr uaithe mar thobar fìor uisge no meinnean. Smuainicheamaid a nis, ciamar a bhitheadh an saoghal nan sguireadh a' bhuaidh so. Cha tuiteadh fras, cha luidheadh drùchd, thiormaicheadh gach abhainn a's tobar; chruinnicheadh uisgeachan an domhain uile sa' chuan, agus dh' fhàsadh an talamh cruaidh-loisgte.-Cuairtear nan Gleann.

ORAN MOLAI DH.

A dheagh charaid, so dhut litir,
'Tha air 'cuir sios am briathran bristeach,
A dh' innse dhut gur mor a mhisneach
A ghluais mo pheann,
Gu sgrìobhadh ann am bàrdachd liotach
Mar thig na 'm cheann.

Ged tha dusan bliadhn' no còrr
O'n thainig MAC-TALLA 'san fheòil,
Tha 'chruth 's a choltas mar bu nòs
Do chlann an fhraoich:
Cho bòidheach dath 's cho fallain clò,
'S cho glic dhe aois.

Is ged nach fhaic mi e cho tric,
'S a bha e roimhe 'tighinn na 'r measg,
Tha dòchas math a stigh na 'r n-uchd
Nach fhad' an ùine
Gus am bi e mach cho briosg
'S a bha e aon uair.

Mo nàir 's mo mhasladh air na Gàidheil
'Tha deanamh dìmeas air a phàipeir,
A chionn gu bheil e beag de leughadh,
'S nach fhiach e phrìs;
Ach 's math nach 'eil iad sud a pàigheadh
Do Cheasar cìs.

Ach buaidh is piseach air an dream,
A sheasas e gu duineil, teann,
'S nach gearain, ged nach mor a ghreann,
'S ged 's mall a theachd;
Oir cha 'n 'eil aon de leithid ann-
Tha iad ro thearc.

Tha buaidh air do luchd-sgrìobhaidh grinn
Gu innse sgeul, 's gu dàin a sheinn,
'S gu eachdraidh laoich o linn gu linn
A chuir an geill,
'S gu dearbhadh dhuinn le tuigs' an cinn
Mu 'n ghnìomh tha treun.

Tha leithid "Cona" tearc 'san tìr
Gu sgrìobhadh Gàilig mu gach nì
'Tha dol air adhart anns gach sgìr
Mu 'n iath a ghrian;
E leantuinn, 's e mo dhòchas fhìn,
Re iomadh bliadhn'.

Tha "Peigidh Phabach" laghach, còir,
Na bana-Ghàidheil làn de spòrs
'S de bhriathran ait, a bheir air òg

'S air aois 'bhi subhach;
Gu ma fada 'h-ainm an clò,
'S a peann na shiubhal.

Tha "Bodachan a' Ghàraidh" mall
Gu bhi 'cur litrichean a nall
O thìr an fhraoich, nam bàgh 's nam beann,
'S na fiùrain thapaidh;
Ach 's mor am math a thig o 'pheann
'Nuair ni e 'ghlacadh.

Tha ùghdar "Tigh na Coille" sàmhach,
Cha chluinn sinn facal uaith' an dràsda,
Ged bha e uair 's bu mhath a làmh
Gu sgeul a dheilbh,
A dearbhadh nach bi math gu bràth
Le fear na ceilg.

Tha "A. M. S." gu duineil, treun,
A' cur a ghualainn le mor fheum
Ri ni sam bith a ghluaiseas ceum
Na cainnt neo-lapach;
Gu robh mor bhuaidh a teachd an déigh
A' churaidh thapaidh!

(Air a leantiunn air taobh 62.)

ROBINSON CRUSOE.

CAIB. I.

RUGADH mise ann am baile York, anns a' bhliadhna 1632. Thainig mi o dheadh theaghlach, ged nach b' ann de ghnath mhuinntir na duthchadh ud a bha sinn. Bu choigreach m' athair, a thainig a Bremen, agus a ghabh comhnuidh ann am baile Hull. Bha e 'na mharsanta, agus dh' fhas e gu math beairteach; agus an uair a sguir e dhe 'n mharsantachd, chaidh e a ghabhail comhnuidh do bhaile York, far an do phos e mo mhathair. Thainig ise o deadh theaghlach do 'm b' ainm Robinson; agus an uair a rugadh mise, thugadh Robinson Creutsnaer mar ainm orm; agus mar a tha atharrachadh do ghnath a' tighinn air a' chanain ann an Sasunn, is e a theirear ruinn a nis, agus their sinn-fhin ruinn fhin e, agus tha sinn a' sgrìobhadh ar n-ainm, Crusoe. Is e so an t-ainm a th' aig mo chompanaich orm do ghnath.

Bha dithis bhraithrean ann bu shinne na mise. Bha fear dhiubh 'na Chornalair air reiseamaid Shasunnach a bh' ann am Flanders. Bha 'n reiseamaid so an toiseach fo chomand duine ainmeil do 'm b' ainm Cornalair Lockhart. Agus chaidh mo bhrathair a mharbhadh ann am batal ris na Spainich faisge air Dunkirk. Cha chuala mi riamh ciod a thachair do m' bhrathair eile, agus cho mho na sin a fhuair m' athair is mo mhathair fios ciod a thachair dhomhsa.

Bu mhise an treas mac dhe 'n teaghlach, agus o nach d' ionnsaich mi

ceird sam bith, thoisich mi gu math trath ri miannachadh falbh a shiubhal an t-saoghail, agus a dh' iarraidh an fhortain. Bha m' athair 'na fhior sheann duine, agus thug e dhomh tomhas foghlum a bha gle mhath, araon 'na thaigh fhein agus anns an sgoil cho math 's a bha anns an duthaich mu 'n cuairt, agus bha 'na bheachd fear-lagha a dheanamh dhìom.

Ach cha robh obair sam bith a b' fhearr leam na dhol gu muir; agus bha miann cho laidir agam air a dhol ann 's gu 'n do chuir mi an aghaidh toil agus aithe m' athar, agus an aghaidh a h-uile comhairleachadh a bha mo mhathair agus cairdean dileas eile a' toirt orm. A reir choltais, bha e an dan gu nadarra dhomh a bhith 'g iarraidh mo bheatha a chaitheamh anns an doigh thruaigh, chruaidh, thrioblaidich, anns an do chaith mi i. Bha m' athair 'na dhuine glic, stolda, agus an uair a thuig e roimh laimh ciod a bha mi cur romham a dheanamh, agus ciod a bha, a reir choltais, gu tachairt dhomh, thug e gu durachdach comhairlean orm a bha ceart agus glic, agus cothromach. Bha e tinn leis a ghreim-loin, agus air lath' araidh chuir e fios orm do 'n t-seomar anns an robh e 'na laidhe, agus reusonaich e rium gu teann, dluth ann am briathran a bha anabarrach durachdach, mu dheidhinn an ni a bha 'nam bheachd a dheanamh. Dh' fheoraich e dhìom an robh aobhar sam bith agam, a bharrachd air a' mhiann laidir a bh' agam air a dhol a shiubhal an t-saoghail, air falbh a taigh m' athar, agus a duthaich mo bhreith is m' araich, far am faodainn mo bheatha chaitheamh am measg dhaoine a b' airde inbhe na mi-fhin, agus far an robh a h-uile coltas gu 'n deanainn m' fhortan le curam is aire mhath a thoirt do mo dhleasdanas, agus aig a' cheart am mo bheatha chaitheamh le taitneas, agus gun chruaidh-chosnadh sam bith.

Thuirt e rium gur iad na daoine air an robh an saoghal a' fairleachadh anns an duthaich so, no daoine a bha 'miannachadh gu 'n deanadh iad fortan mor, a bha 'dol do dhuthchannan fad air falbh; agus thuirt e, gur ann air son ainm mor a dheanamh dhaibh fein anns an t-saoghal a bha 'n aireamh bu mho dhuibh a' dol a shiubhal an

[TD 59]

[Vol. 12. No. 8. p. 3]

t-saoghail, agus a dh' iarraidh an fhortain. Chomharraich e mach dhomh, gu 'n robh an da shuidheachadh so-fortan mor a dheanamh, agus cliu is ainm mor fhaotainn, tuilleadh is ard os mo cheann no tuilleadh is iosal air mo shon; nach robh mi air mo bhreith 's air m' arach aon chuid ann an inbhe aird, no ann an inbhe iosal, ach ann an inbhe a bha, mar gu 'm b' eadh leitheach mu leitheach eadar an da inbhe so, agus gu 'n do thuig e o na chunnaic 's na chual' e fad iomadh bliadhna, gu 'm b' e an inbhe anns an robh mi, inbhe cho math 's a bh' air an t-saoghal, agus cha freagarrach gus beatha 'n duine a dheanamh socair, sona; gu 'n robh an suidheachadh a bha e comhairleachadh dhomh a roghnachadh, saor o na truaighean, o na cruaidh-chasan, o 'n t-saothair 's o na fulangasan do 'n robh moran de luchd-ceirde an t-saoghail buailteach, agus gu 'n robh e mar an

ceudna saor o 'n uabhar 's o 'n t-soghalachd 's o 'n ghloir-mhiann 's o 'n fharmad a bha am measg na muinntir a bha ann an suidheachadh ard anns an t-saoghal.

Dh' innis e dhomh gu 'm faodainn breith a thoirt air sonas na staide so anns an robh e deonach mo chur, le aon ni, agus b' e sin, gu 'n robh moran de dhaoine eile 'miannachadh a bhith anns an t-suidheachadh so; gu 'n robh righean gu tric a' caoidh a chionn gu 'n robh iad air am breith gu bhith ann an suidheachadh ard. Agus bha iad a' miannachadh gu mor a bhith ann an suidheachadh a b' isle.

Tha an duine bu ghlice a bha riamh air an t-saoghal a' togail fianuis air a' thaobh so, mar an suidheachadh anns am mo am bheil de shonas ri fhaotainn, an uair a ghuidh e nach biodh aon chuid "bochdainn no beairteas" aige.

Dh' iarr e orm beachd sonraichte ghabhail air a' so, agus gu 'm faighinn an comhnuidh am mach, gu 'n robh trioblaidean troma na beatha so, ann an tomhas mor, air an roinn eadar an fheadhainn a b' airde suidheachadh, agus an fheadhainn a b' isle suidheachadh dhe 'n chinne-daoine. Chomharraich e 'mach dhomh gu 'n robh na daoine nach robh aon chuid ann an suidheachadh ard, no iosal, ann an tomhas mor, saor o na tubaistean 's o na trioblaidean lionmhor e bha buailteach dhaibhsan a bha ann an inbhe aird, no ann an inbhe iosail; agus nach b' e sin a mhain, ach nach robh iad cho buailteach do thrioblaidean cuirp agus do dhraghannan inntinn 's a bha 'mhuinntir a bha caitheamh am beatha gu saoghail, no ris a' mhuinntir a bha ri saothair chruaidh, agus a bha gu tric ann an éis a chion beidh is adaich, agus mar sin a bha tarrainn thinneas agus thrioblaidean orra fhein leis an doigh anns am bheil iad a' caitheamh am beatha.

Chomharraich e am mach dhomh mar an ceudna, gu 'n robh iadsan nach robh aon chuid bochd no beairteach, ann an suidheachadh moran na b' fhabharraiche a chum am beatha chaitheamh anns gach deadh-bheus agus anns gach toil-inntinn na 'mhuinntir a bha ann an suidheachadh a b' airde agus a b' isle na iad, agus gu 'n robh sith agus sonas, mar bhan-oglaich, a' frithealadh dhaibh aig gach am; gu 'n robh stuamachd, agus measarrachd, agus samchair, agus slainte, agus comunn dhaoine coire, agus toileachas-inntinn, agus iomadh taitneas ion-mhiannaichte eile, aig a' mhuinntir aig nach 'eil aon chuid bochdainn no beairteas; gu 'm b' e so an suidheachadh anns an rachadh daoine gu samhach, ciuin, sitheil troimh 'n t-saoghal, agus gu comhfhurtail am mach as, air dhaibh a bhith, ann an tomhas mor, saor o chruaidh-shaothair agus o dhragh, agus o churam trailleil mu dheidhinn an arain laitheil, agus o gach suidheachadh truagh iomaguinneach a tha 'toirt sith o 'n anam, agus fois o 'n chorp; nach biodh daoine anns an t-suidheachadh so air am brosnachadh gu farmad, no gu miann laidir air nithean mora; ach air dhaibh a bhith ann an suidheachadh comhfhurtail, a' dol gu samhach, socrach troimh 'n t-saoghal, agus a' blasad air taitneas neo-lochdach agus milis na beatha so, gu 'm bheil iad sona, agus gu 'm bheil iad a' foghlum o am fein-fhiosrachadh gach latha mu dheidhinn sonas an t-suidheachaidh anns am bheil iad.

An deigh do m' athar labhairt le mor-dhurachd rium ann am briathran caoimhneil, caranach, agus comhairle thoirt orm gun mi bhith mar a bha iomadh duine og eile, agus gun mi-fhin a thilgeadh an comhair mo chinn ann an truaighean do nach robh mi aon chuid gu nàdarra, no a thaobh mo shuidheachaidh anns an t-saoghal so buailteach, thuirt e rium nach robh mi fo eiginn sam bith gus a dhol a chosnadh mo loin. Thuirt e gu 'm biodh e gu math dhomh, agus gu 'n deanadh e 'uile dhichioll a chum mo chur anns an t-suidheachadh a bha e 'roghnachadh air mo shon; agus na 'n tachradh dhomh a bhith mi-thoilichte anns an t-saoghal, gu 'm feumadh gur e mo choire fhin a bhiodh ann, agus nach biodh aigesan ri freagairt air mo shon, o 'n a rium e a dhleasdanas an uair a thug e rabhadh dhomh a thaobh nan nithean a bha fhios aige a dheanadh cron domh. A dh' aon fhacal, thuirt e rium gu 'm biodh e gle chaoimhneil rium na 'n socraichinn m' inntinn air fuireach aig an taigh mar a bha e 'g iarraidh orm, agus mar sin nach biodh lamh aige ann am mi-fhortan sam bith a thoirt 'nam rathad le misneach a thoirt dhomh gus falbh o 'n taigh. Agus, ann an rathad a bhith 'cur crìoch air a h-uile rud a bh' aige ri radh rium, thuirt e, gu 'm bu choir dhomh a thoirt fa near mar a thachair do m' bhrathair bu shinne, do 'n d' thug e comhairlean agus earailean durachdach, mar a thug e orm fhin, gus a chumail e dhol do 'n chogadh, ach cha ghabhadh e comhairle, agus air an aobhar sin, chaidh e do 'n chogadh agus mharbhadh e. Ach ged a thuirt e nach sguireadh e dh' urnuigh air mo shon, gidhuadh ghabh e air fhein a radh rium, nach b' urrainn gu 'm biodh beannachd Dhe orm, na 'm b' e 's gu 'm bithinn cho amaideach 's gu 'm falbhainn a shiubhal an t-saoghail, agus gu 'm faighinn mo dhiol uine na dheigh sid air a bhith 'smaointean air mar a chur mi cul ris a' chomhairle a thug e orm an uair nach biodh rathad agam air a' chuis a leasachadh.

Bha na briathran so mu dheireadh a labhair m' athair rium 'nam faisneachd, ged nach do smaoinich e-fhein riamh gu 'n tachradh dhomh mar a thubhairt e; agus am feadh 's a bha e 'g an labhairt, thug mi an aire gu 'n robh e 'sileadh nan deur gu frasach, agus gu sonraichte an uair a labhair e mu m' bhrathair a chaidh a mharbhadh anns a' chogadh; agus an uair a thuirt e gu 'm faighinn uine mhath gus aithreachas a ghabhail, agus nach biodh neach ann a bheireadh cuideachadh dhomh, bha inntinn cho mor troimh a cheile 's gu 'n do sguir e labhairt, agus gu 'n d' innis e dhomh, gu 'n robh a chridhe cho lan de bhron 's nach b' urrainn e an corr a labhairt rium.

Rinn na briathran a labhair m' athair rium drughadh anabarrach mor air an inntinn agam aig an am. Agus co air nach deanadh iad drughadh? Agus runaich mi nach smaoinichinn gu brath tuilleadh air falbh a shiubhal an t-saoghail, ach gu 'm fanainn aig an taigh mar a bha m' athair ag iarraidh orm. Ach, mo thruaighe! chaidh na runaich mi gu buileach as an t-sealladh. Agus a dh' aon fhacal, an ceann beagan sheachdainean, chuir mi romham gu 'n teichinn air falbh as an taigh air eagal gu 'm faigheadh m' athair cothrom air an tuilleadh chomhairlean a thoirt orm.

Ach an deigh so gu leir, cha do theich mi air falbh cho luath 's a bha mi an toiseach a' smaointean a dheanainn. Air lath' araidh an uair a thug mi 'n aire gu'n robh saod math air mo mhathair, ghabh mi

'n cothrom air innse dhi gu 'n robh mi suidhichte 'nam inntinn gu 'm faicinn earann mhath dhe 'n t-saoghal, agus nach b' urrainn domh gu brath m' inntinn a shocrachadh air obair sam bith eile, agus gu 'm b' fhearr do m' athair cead a thoirt dhomh falbh, na toirt orm falbh an aghaidh a thoile. Thuirt mi rithe gu 'n robh mi ochd bliadhna deug a dh' aois, agus gu 'n robh mi tuilleadh is sean gus a dhol a dh' ionnsachadh ceirde, no 'nam chleireach do dh' fhear-lagha, agus gu 'n robh mi cinnteach ged a dheanainn so, gu 'n teichinn air falbh gu muir mu 'n tigeadh crìoch air an uine a bhiodh air a cur romham gus a' cheird, no an lagh ionnsachadh; agus na 'n iarradh i air m' athair leigeadh dhomh a dhol gu muir aon turus, agus gu 'n tillinn dhachaidh 's gun marachd a' cordadh rium, nach fhalbhainn o 'n taigh tuilleadh, agus gu 'n geallainn, ri bhith moran na bu dichìollaiche na bha mi riamh, gus an tugainn a steach an uine a chaill mi.

(Ri leantuinn).

EOBHAIN BAN MAC AN T-SAIGHDEIR.

LE SEUMAS N. MAC FHIONGHAIN.

CAIB. XVI.

FLUR AILLIDH AN AIT' AOGNAIDH-MAR SGAOIL-NA CHUALA 'S NA CHUNNAIC EOBHAIN AIG A CHNOCAN GHORM.

A TIONNDADH, air dha 'n gluasad fàillidh so a chluinntinn, chunnaic Eobhain sealladh a dh' fhuadaich gach smaoin eile bhar na h-inntinn aige agus a thug na chuimhne le neart seann sgeulachdan mnathan sìthe na Gàidhealtachd. B' e 'n sealladh a chunnaic e, boirionnach òg, air a h-éideadh an gorm no 'n uaine, na 'seasamh mu choinneamh aig ceann eile 'n t-seilleir. Bha falt fada dubh sgaoilte mu 'guailleann 's le 'lamhan paisgte m'a chéile fo 'h-uchd, bha i le sùilean gun bhriobadh a dùr bheachdnachadh air, mar neach fo riaghladh na trom-laighe. An ceann tacain, an deigh dhi bhith 'g amharc air ar curaidh mar so, ghabh i gu sàmhach 's gu fàillidh troimh 'n fhosgladh 'san oisinn 's chaidh i as a shealladh. Gu nàdarra ghabh Eobhain ioghnadh mor, agus ag eirigh lean e air a shocair i feuch am faigheadh e mach tuilleadh m'a deidhinn. Bha gath faoin soluis a deanamh an rathaid o'n fhosgladh do 'n t-seilleir eile agus le 'chuideachadh chunnaic ar curaidh an nigean òg air a dà ghluin aig a chiste-laidhe, 's le 'h-uillnean air a h-uachdar 's a h-aogas tìodhlaicte na basan, b' fhior ìomhaidh bròin, sàmhach, do-labhairt i 'san àm, air chor agus gu 'n do chuir i gluasad mór air a Ghàidheal thruacanta, a bha mar so a faicinn a bròn diomhair. Gus co-fhurtachd a thoirt di, ghabh e far an robh i agus labhair e briathran caoimhneil rithe ann am Beurla, ach ma chual' i e cha do ghluais 's cha do thog i 'ceann 's cha mhò fhreagair i guth. Labhair Eobhain a rithist an guth na b' àirde 's chuir e aig a cheart àm a lamh air a gualainn gus a h-aire dhùsgadh as an t-suain bhròin 'san robh i. Aig a bhriathran thog i 'ceann mar neach a dùsgadh á cadal, 's ag amharc air os a cionn, leum i air a cois le eagal. Ach a faicinn nach robh olc fa near dha, agus a cluinntinn a chainnt

eilthireach, sheas i air a bheulaobh 's a togail a laimhe gu clàr a h-aodainn thòisich i air a suathadh, mar gu 'm biodh i air son, leis a ghnìomh, an ceò a sguabadh bhar a h-eanachainn is grian na tuigse 's an reusain a leigeil a dhearrsadh ann a rithist. A réir choltais chaidh leatha,

[TD 60]

[Vol. 12. No. 8. p. 4]

oir mu 'n do leag i 'làmh bhrùchd na deòir o 'sùilean gu frasach, ga 'fàgail gle bhòidheach na 'h-airc, agus a toirt faothachadh mòr dhi. Tha co-fhurtachd nan deur aig na mnathan daonnan aig laimh, gus an cridhe làn aotromachadh, ach tha e air a chleith air na fir air-son reusan air choireiginn. Agus tha fios againn uile dé 'm faothachadh a bheireadh greis mhath chaoinidh dhuinn na 'r n-òige an uair a sgròbadh a phiseag sinn, no 'thachradh gnothuch mor eile na 'r beatha nach còrdadh ruinn. Mheudaich deòir na h-ighinn truas Eòbhain bhàin, is ghuidh e oirre, ged a bha cabhag air gus falbh aobhar a bròin innse dha, feuch an rachadh aig' air a cuideachadh. Bha e tuigsinn glé mhath gun teagamh gu 'm b' ann fo na bòrdaibh fuar làmh ris a bha aobhar a tùirse, ach bha amharus aige nach b' ann an dòigh nàdurra chumanta 'thainig e mu 'n cuairt. Mu dheireadh thog i 'ceann 's ghlan i na deòir air falbh o 'sùilean, a bha dearrsadh mar a ghrian an déigh fras bhlàth shamhraidh.

"A Bhreatunnaich chòir," ars' ise, "gabh mo leisgeul; ach tuigidh tu, tha mo bhròn trom 's ga m' mhùchadh 'san àm. Tha mi 'n diugh taingeil gu 'n do dh' ionnsaich mi do chainnt, air chor agus gu 'n teid agam air mo thrioblaidean innse dhut, agus tha d' aodann ag innse dhomh nach dean mi sin an diomhanas. Gus sgeula goirid a dheanamh dheth," ars' ise, "tha mo sheanamhair bhoichd anns a' chiste shàmhaich so. Cha 'n 'eil dàimheach eile no dlùth charaid agam air uachdar na cruinne ach aon bhràthair, agus tha e na 'phrìosanach aig na Frangaich, far nach fhaic mise gu dìlinn e. Dh' fhàgadh na 'r dilleachdain sinn aice gu math òg, 's chuir i mo bhràthair a dh' ionnsachadh lagha an uair a thainig e gu ìre, 's bha e air leth fortanach, ach mise, thaobh mi bhi na m' nighinn, chum i ri 'taobh fhein mi riamh o gach cunnart agus buaireadh uige so. 'Oir,' ars' ise, 'c'ar son a theid mo Louisa bheag a mach do 'n t-saoghal fhuar a dh' ionnsachadh rud nach bi feum aic' air, 's mo dhìleab uile gu léir gu bhì aice, oir bidh Pierre ceart gu leòr as aonais.'"

Le so a radh thainig na deòir a rithist, 's chaidh na lamhan geala suas ga 'frithealadh. Air a meòir chunnaic Eobhain bàn fàinne pòsda, ach a smaointinn na neochiontas gur dòcha gu 'n robh e na chleachdadh aig gach té 'san dùthaich chéin ud, cha do chuir e uidhreachd air.

"A nis," ars' ise, 's i 'cur a laimhe air muilichinn Eobhain gu fàillidh, banail, "a Bhreatunnaich chaoimhneil, o'n tha coltas treun ort bhithinn fada na d' chomain na 'n cuidicheadh tu mi gus a chiste so a chur do dh' àite 'sheallas mi dhut, gus an teid i, an uair a

bhios sìth a riaghladh 'san tìr chianail so, an àite 's freagarraiche. O, gabh mo leisgeul; cha do dh' innis mi dhut aobhar a bàis. Bha i 'n droch shlàinte o chionn ùine, agus ghabh i 'leithid de dh' eagal 's de dh' fhiamh, an uair a ghabh na Frangaich seilbh air an tigh, 's gu 'n do chaochail i ann an tiotadh. O, mo sheanamhair ghaolach, cha 'n fhaic mi d' aogas còir gu bràth!" Le so chaidh i gu sileadh nan deur a rithist.

Chaidh an Gàidheal a' sàs an ceann na ciste, agus cho làidir 's gu 'n robh e bha 'dhiol ri dheanamh aige 'togail, agus iomadh uair mu 'n do rainig e 'chlòsaid thearuinte ann an seilleir eile nach fhac' e fhathast, ghearain e fo anail air cudthrom na caillich. "'S na dhéigh sin," ars' esan ris fhein, "feumaidh gu 'n robh i gu math cruaidh leis a ghleadhraich a rinn i an uair ud, 'nuair a leig mi sios a chiste."

Ah, Eóbhain chòir, chreideasaidh, bu mhòr d' earbsa 'sa chinne-daonna. Na 'm biodh do leithid pailt bhiodh an saoghal so na b' fhearr gu mor.

Gus sgeula goirid a dheanamh dheth, faodar a ràdh nach robh 'seanamhair no 'seanair 'sa chiste—ach seudan luachmhor mar ri òr is airgiod 's gach ni bu luachmhoire na chéile 'bhuineadh do'n tigh. B'e so an dòigh a ghabh am boirionnach òg innleachdach agus a companach pòsda gus an cuid a shàbhaladh an uair a thuig iad gu 'n robh na Frangaich a dol a ghabaail seilbh air an dachaidh. Ach o'n bha 'n luchd trom, 's am Belgianach gun mhoran spionnaidh, cha d' fhuair iad a' chiste do 'n dìon-àit' dhiomhair fo thalamh, agus ghabh ise 'n dòigh so gus a faighinn ann, air do na saighdearan falbh, ach fear no dha a bha dìon, agus chunnaic sinn cho fìor mhath 'sa chaidh leatha. Theich a companach do bhaile-mor Bhrussels an oidhche roimhe so, agus air dh' ise gnothuichean fhaighinn, le cuideachadh Eobhain, a réir a miann, bha i fhein agus seann searbhanta gus a leantuinn air rathad dìomhair air an fheasgar ud. Thug i fàinne luachmhor agus mìle taing do 'n Ghàidheal air son a chuideachaidh. Agus an sealladh mu dheireadh a fhuair e dhi, bha i na 'suidhe 'sa chlàsaid gu brònach ri taobh na ciste, is deòir na tùirse no 'n aoibhneis a sileadh gu frasach.

Gu h-ealamh ach gu sàmhach fhuair Eobhain an t-àite fhàgail gun fhios, mar a bha e 'n dùil, do 'n gheard. Ach air dha balla 'ghàraidh a shreap fo sgàth nan craobh, 's e fhéin a leigeil sios air an taobh eile le briathran taingeil air a bhilean, chual' e gàire magaidh ri 'thaobh, 's a sealltainn chunnaic e saighdear beag dubh Frangach a gabhail cuimse air le gunna as am faiceadh e 'fhaileas, agus a bhàrr air a sin daga agus biodag iongantach ri 'chliathaich a gliogadaich.

"Air d' ais," ars' esan, "an rathad a thàinig thu!"

Cha do thuig Eobhain na briathran, ach thuig e 'n ciallachadh, agus thuirt e ris fhéin gu 'n gabhadh e barrachd is aon fhitheach beag Frangach gus a chur do na seilleirean dubha 'rithist, ged a bhiodh arm aige mu choinneamh a h-uile meur.

“Air d’ ais!” ars’ am Frangach beag a rithist gu feargach, ’s e le ’shùil ’s le ’cheann a sealltainn a bhalla do dh’Eobhain, ’s e aig a cheart àm ga chumail na ’shealladh le deireadh na sùil eile. Bha ’n gunna gun teagamh cunnartach, agus thòisich Eobhain ma b’ fhior air streap a ghàraidh, ach an uair a bha e gu bhi shuas, mar an dealanach thuit e ’s am briobadh na sùil bha ’n saighdeir beag aige air a dhruim-dìreach ri talamh ’s a làmh gu teann m’a bheul. B’ obair mionaid cùram a ghabhail da chuid airm, ’s bha e fìor thoilichte greim fhaighinn orra, oir bha e aig an àm gun bhall gus e fhein a gheard ach a dha laimh. A bristeadh a nuas plannta rìghinn àraidh coltach ri eidheann a bha fàs ris a bhalla cheangail e ’m Frangach beag, ’s ga thogail chaith e gu h-aotrom e stigh do ’n ghàradh gu tòrr meanglain is sprùillich taobh a bhalla, ’s ga fhàgail tharruinn e gu luath o’n àite.

Gu dé bha sud? Sheas e, air dha fuaim uamhasach a chluinntinn mar thàirneanaich, a’ cur crith air an tìr mu ’n cuairt. Thuig e gun mhoran strì gu ’n robh am bàs na ’fhallus air àr fuilteach dlùth dha -tàirneanaich nan canan ’s nan arm sgriosail an cluasan iomadh laoch a bha ’san àm a dùnadh an sùilean air an t-saoghal gu bràth. Dh’ fhairich Eobhain e fhein a fàs fuasach aotrom, thòisich a chuislean gu h-aon-ghuthach air leum le òrdugh na h-inntinn, anns an robh fuaim is faileadh a chogaidh air ion-mhire-chatha dhùsgadh. Ah, ciamar a gheibheadh e gu taobh nan Gàidheal ’sa bhlàr. Ach a dhol ann agus sin gun mhaile chuir e roimhe air a h-uile cor. Ghluais e gu lùthmhor ’s chuir e aghaidh air an àird an robh muinntir a dhùthcha a cath, ach cho math ’s gu ’n siùbhladh e, cha robh inntinn riarichte, oir bha i air sgéith ’s cha robh na casan ach mall leatha. Uige so cha robh tachairt ris ach taighean fàs; ach mu dheireadh chunnaic e each ag ionaltradh ri taobh bothain, ’s chaidh e stigh air-son fhadhadh no cheannach leis an fhàinne. Ach cha d’ fhuair e duine ’s an uair a chunnaic e sin smaointich e gu ’n toireadh e leis an t-each pios de ’n astar co-dhiu. Anns an rùn so fhuair e pios ròpa ’sa deanamh sròinein air chuir e air an each e ’s leum e air a mhuin ’s ghabh e gu luath air falbh. Faisg air <eng>Quatre Bras<gai> thainig e bhar muin an eich ’s a cur aghaidh air a dhachaidh leig e air falbh e. Mu dheireadh bha e dlùthachadh ris an àr; ach ciamar a gheibheadh e measg a chàirdean. Aig na smaointean so chual’ e mionnan is glòir gharbh a tighinn o chùl an tolmain ghuirn a bha dlùth, ’s a ruith suas ’s a sealltainn gu fàillidh thairis chunnaic e sealladh a theab toirt air stracadh a gàireachdaich. Aig bonn a chnocain chunnaic e saighdear Gàidhealach air muin asail a bha le ’cheann ri talamh eadar a chasan a diùltadh a dhol na b’ fhaide. Bha ’n duine le briathran garbha Gàilig ga ’bhrosnachadh, ’s an sin feuch an e briathran ciùin a b’ fhearr a fhreagrach e, bheireadh e greis air a phlapadh ’s a ghaoil ’s a ghràidh aig air, ach cha ghluaiseadh an t-asal. Mu dheireadh thainig e gu làr, rud nach robh doirbh, oir bha chasan fada gu math faisg air far an robh e, agus rug e air da chluais mhor an asail, agus thòisich e air a tharruinn suas an cnoc, ’s na briathran, “An tig thu nis, a shàtain? an tig thu nis?” aige ris air gach tarruinn. Ach cha tigeadh sàtan mar sud, is chaidh an saighdeir an sin thun a chinn eile feuch an ann a b’ fhasa ’stiùradh. Ach air dha feuchainn

ri snaim a chur air earball a bheathaich, chuir e na 'aghaidh cho cruaidh le shàiltean 's gu 'm b' fheudar do 'n t-saighdeir toirt suas, 's a seasamh pios air falbh o'n chunnart thòisich e gu fiadhaich air tachas a chinn. Nochd Eobhain e fhéin a nis, 's air do 'n t-saighdear a' Ghàilig a chluinntinn leum e le aoibhneas.

"A sheòid," ars' esan, "tog air mo mhuin am beathachan grànda, o nach toir e fhéin leis mise, 's cha 'n 'eil math dhomh tilleadh thun a Chaipitean as aonais. Cheannaich an Caipitean e o mheirleach de mharsanta-paca 'n dé, agus air dhòmhsa 'thoirt gu deoch 'sa mhaduinn an diugh, a mach a ghabh e leam gu tigh a mhaighstir, 's tha mi o'n uair sin ga 'phutadh 's ga 'tharruinn mar so."

Ach an uair a chunnaic an t-asal gu 'n robh dithis mhóra mu choinneamh a nis, dh' fhalbh e leotha cho socair ri uan an còrr dhe 'n astar.

"Co 'n reiseimeid do 'm buin thu?" ars' Eobhain, 's iad a dol air adhart mar so.

"Do 'n 92," ars' a charaid ùr; "cha do choisich feur na 's fhearr! Coisicheamaid gu math is pàirtichidh sinn 'san leth a's fhearr dhe 'n bhlàr fhathast na 'n cuideachd."

(Ri leantuinn.)

AN DUTHAICH.

THA moran dìchill 'us dùrachd a nis air feadh Chanada. Tha fuaim 'us farum 'us gleadhraich eagalach ann an cluaisean MHIC-TALLA chòir. Ma dh' fhaoidte gu robh sealladh fada aig MAC-TALLA, an uair a thòisich e air tuineachadh a dheanamh ann a Sidni. Shaoil e agus chreid e gun teagamh gu robh latha 'tighinn anns am bitheadh fuaim 'us strailleadh uamhasach ann an Sidni, do bhrìgh gu bitheadh dealas mor air a dheanamh ann a bhi 'cur gu maith sònruichte gach gual 'us iarunn a tha ann an tomhas pailt ann an coimhearsnachd Shidni. Tha Sidni 'teachd air aghaidh gu gasda luath, agus tha cheana iom-

[TD 61]

[Vol. 12. No. 8. p. 5]

radh taitneach air a dheanamh air feadh ar dùthcha air an iarunn 's air an stàilinn a tha air an deasachadh ann an Sidni. Cosmhuil ri oibrean mora eile ann an Canada, tha sinn a' cluinntinn gu minic gu bheil dragh no connsachadh mor am measg nan daoine 'tha 'cumail a mach gur iadsan a thug an t-airgiod seachad a chur an obair air chois, agus gur ann acasan a tha gach còir air gnothuichean na h-oibre 'riaghladh agus a' cheartachadh.

Tha aig an àm so moran seanachais air feadh Chanada mu dheibhinn gach beartais air muir 's air tìr, air uachdar na talmhainn agus ann

an uchd na talmhainn, a bhuineas duinn. Da rìreadh tha ionmhas anabarrach againn anns an tìr leathann, fharsuing a bhuineas duinn bho chuan gu cuan. Bha daonnan ann an Roinnean Chanada 'tha ri taobh na fairge air airde 'n ear na dùthcha daoine inntinneach, gleusda, tapaidh, a rinn moran maith d' an dùthaich fein agus aig an robh inntinn làidir agus smuaintean àrda, gasda, togarrach mu dheibhinn Chanada gu léir.

Gheall mi anns an litir mu dheireadh a sgrìobh mi, iomradh a dheanamh mu Phàrlamaidean Chanada. Tha e co cìnnteach ris a' bhàs gu bheil Pàrlamaidean gu leoir ann an Roinnean iochdrach Chanada. Cha 'n 'eil duine tuigseach air bith nach aidich gu bheil aona Phàrlamaid gn leoir da rìreadh agus gun teagamh airson na trì no na ceathar Roinnean a tha ri taobh na fairge air an airde 'n ear. Nam b' urrainn do na daoine 'tha 'gabhail orra fein a bhi riaghladh cùisean na Roinne anns am bheil iad a' gabhail còmhnuidh comhairle cheart, ghlic a thabhairt seachad, dh' aidicheadh iad gu h-ealamh gu bheil moran airgid air a phaigheadh a mach a dh' fhaodadh a bhi air a ghleidheadh do 'n dùthaich, do bhrìgh gu bitheadh e comasach gach gnìomh 'us lagh a dheanamh le aona Phàrlamaid a tha trì no ceithir Pàrlamaidean a deanamh aig an àm so. Tha e gle shoilleir gu bheil moran anns gach Roinn air am bheil mi 'deanamh iomraidh aig nach 'eil iarrtus air bith gu tìgeadh crìoch air am Parlamaid fein. Tha iad mion-eòlach air eachdraidh am Parlamaid fein, agus air na daoine foghainteach agus ùr-labhrach a thug aire 's còmhnadh do ghnothuichean an dùthcha anns na bliadhnachan a dh' fhalbh. Cha 'n 'eil aobhar air bith againn aig an uair so 'bhi 'saòilsinn gu bheil iarrtus laidir air bith aig na daoine 'tha 'riaghladh Roinnean iochdrach Chanada air aona Pharlamaid a bhi aca. Mur bheil cùisean cudthromach Chanada air an riaghladh 's air an deasachadh ann an dòigh iomchuidh, phongail, chùramach, cha 'n fhaodar a ràdh nach 'eil Parlamaidean gu leoir agus buill Pharlamaidean gle lionmhor againn an Canada. Gun teagamh is mor, is ro-mhor an t-suim airgid a tha sinn a' paigheadh doibhsan a tha 'gabhail os laimh cùisean cudthromach na dùthcha 'rannsachadh agus a cheartachadh. Tha eagal mor air iomadh duine fiosrach aig am bheil gràdh blàth d'a dhùthaich nach 'eil buill ar Pàrlamaidean a nochdadh eolais no gliocais, no neart inntinn anabarrach. Ma tha Canada 'teachd air a h-aghaidh gu luath ann am foghlum, agus anns an tapadh 's an tabhachd a tha dlùth-cheangailte ri ionnsachadh, bu chòir gun teagamh gu robh buill ar Parlamaidean a dearbhadh gu bheil iad-mar nach 'eil iad idir a deanamh-ni 's fearr 'us ni 's comasaiche na na daoine 'bha 'riaghladh Chanada anns na ginealaich a chaidh seachad. Thar leam gur e so an t-ochdamh mìos on thòisich a' Phàrlamaid ann an Ottabha air òraidean a liubhairt 'us air othail mhor a dheanamh anns a' bhliadhna 'tha 'nis a làthair. Dh' aithris aon de chàirdean MHIC-TALLA cheana, ann an litir a sgrìobh e, gu bheil luchd na Pàrlamaid ann an Ottabha 'cainnt gun chrìoch. agus mar so 'g itheadh suas na h-ùine 'bu choir doibh a chur gu feum dichìollach, dùrachdach, dealasach ann an seirbhis fhìor chudthromach, éifeachdach na dùthcha. An deigh do bheagan, do ghle bheagan buill anns a' Phàrlamaid am beachd a thabhairt seachad, cìod e 'tha na buill eile a' deanamh le 'n òraidean fann, fada, ach a' dol thairis air a' ghrunnd an dara no 'n treasamh uair, air am bheil a' Phàrlamaid agus

an dùthaich min-eolach, agus de 'm bheil iad seachd sgìth. Tha e co fìor ris a' bhàs, gu deanadh a' chuibhrionn a's modha de bhuill na Pàrlamaid caoimhneas mor do 'n dùthaich nan cumadh iad an teanga, mur bheil aca eolas 'us toinìsg na's fearr na tha iad a' taisbeanadh. Tha iomadh neach, tha mi cinnteach de 'm bheachd fein, gu faodadh a' Phàrlamaid ann an Ottabha barrachd mor maith 'us seirbhis a dheanamh ann an da sheachduin, na rinn iad anns na mìosan a chaidh seachad.

Ni mi iomradh ann an litir eile air an rathad ùr iarunn a tha luchd-riaghlaidh na dùthcha le oidheirp làidir a cur air aghaidh. Tha na seanairean airson beagan moille 'dheanamh gus am bi e comasach tuille eolais fhaotainn air a chearna de 'n dùthaich-agus air a' bheartas no air a bhochduinn-trid am bheil an rathad ùr so 'dol.

Cha 'n 'eil sinn a' cluinntinn moran aig an àm so, ann am Breatunn no ann an Canada, gu bheil e ceart agus iomchuidh 'us freagarrach comas a bhuileachadh air gach neach air guth a bhi aige 's a thabhairt seachad airson daoine 'roghnachadh a dhol do 'n Phàrlamaid. Tha ann an Ontario co dhiubh dearbhadh muladach ri 'fhaotainn gu bheil olc 'us aimhreit 'us breugan 'us cealgaireachd 'us mionnan-eithich air an nochdadh 's air an cleachduinn le àireamh nach 'eil beag de dhaoine dìblidh, bochd, ann an cùisean àrda, onorach na dùthcha.

CONA.

ISEABAIL NIC-SHIMIDH.

<eng>(Wilson's Tales of the Borders.)<gai>

(Air a leantuinn.)

CHÀIDH deich seachduinean seachad mu'm faca mi sealladh eile dheth; agus nuair a thàinig e bha e cho dùr 's cho droch-nàdarrach 's ged bu mhi a dhearg nàmhaid an àite a bhean fein, agus cha robh eadhon sùil choibhneil no facal laghach aige do 'n chloinn.

"O, a Phadruig," arsa mise, "gu dé tha cearr ort? Nach innis thu dhòmhsa do bhean fhein, a tha lan-dheònach a cuid fein a ghabhail de na bhios a' cur ort, ma's aoibhneas no bròn e! An e obair a tha eagal ort a chailleas tu-no gu dé? "Cum do theanga, a bhean amaideach," ars esan—"carson a tha thu cur dragh orm le d' bhruidhinn gun tùr?"

"O, Phàdruig," arsa mise, "tha thu 'cur deuchainn gun chiall orm le d' ghiùlain. Nach innis thu dhomh ciod is aobhar dha, no am bheil ni sam bith comasach air do dheanamh na's sona?"

"Gabh a mach as mo shealladh!" ars esan!—"dìreach as mo shealladh-agus ma bheir ni sam bith sonas dhomh bheir sin."

Bha mo chridhe gu sgàineadh; bha mo chliabh a plogartaich mar uchd eòin a bh' air a ruagadh le clamhan gus 'n do thuit e dh' ionnsuidh an làr. Thuit mi ann an cathair, gun chomas dad a radh ach iarraidh air an nighinn bu shine i thoirt ugam deoch uisge; agus mu'n gann a bha na facail as mo bheul chaidh mi thairis ann an neul. Bha mi aig an àm ag altrum pàisde naodh seachduinean a dh' aois, ach cha do nochd Pàdruig truas no iochd aon chuid ris an leanabh no ri 'mhàthair. Ghabh e mach as an tigh, a slacadh nan dorsan as a dheigh, agus an oidhche sin fhein thog e air falbh a rithist gu Durham. Shaoil leam gu cinnteach gu'n cuireadh a ghiùlain crìoch orm, ach bu diamhain dhomh feuchainn ri fhaighinn a mach ciod a b' aobhar dha. Chuir an trioblaid-inntinn mi gu laidhe na leapa fad cheithir-la-deug, agus thòisich am pàisde bochd a bh' air chich agam ri cnàmh 's ri dhol as àir tàille mo thinneis.

Chaidh deich seachduinean eile seachad, 's b' iad sin na seachduinean iomguineach, àmhgharach dhomhsa, agus cha d' thàinig Pàdruig g'ar coimhead 's cha do chuir e ugainn litir no airgid. Bha toil mhor agam tigh'nn thairis air a' chùis ri m' athair, gus a chomhairle iarraidh is fhaotainn; ach smaoinich mi an deigh sin nach deanadh leasachadh sam bith air mo chor, agus gu'm b' fhearr dhomh mar mhnaoi 's mar màthair mo bhròn a chumail rium fein, 's gun a leigeil ris do'n t-saoghal. Air an aobhar sin thiodhlaic mi m' àmhghair is m' iomguin na m' chridhe fein, agus cha d' fhuair neach fios air mo shuidheachadh uamsa, ach na gheibheadh iad o fhaicinn an atharrachaidh a bha air mo choltas. Ach bha mo chridhe gun tàmh goirt, agus am pàisde bochd, leis mar bha mise air mo chlaoidh, chaochail e na m' uchd. Fhuair mi fios a chur gu Pàdruig, ach cha d' thainig e thoirt cuideachadh no comhurtachd dhomh gus mu leth-uair roimh 'n àm a bhatar a dol a thogail a' ghiùlain. Nuair chunna mi e tighinn a stigh dh' fhàisg mi mo làmhan, is dh' eibh mi "O Phadruig! agus dh' eirich mi gu dhol na choinneamh gus mo cheann a chàradh na 'uchd-oir smaoinich mi gu'm fhaighinn comhurtachd ann eadhon fhathast; ach 's ann a thuirt e gu fuar, coimheach mi bhi sàmhach, agus gun uiread is tighinn a bhreith air laimh orm, ghabh e cathair is shuidh e. Chaidh an fhàilte sin troimh mo chridhe bochd-sa mar shaighead. Dh' iarainn aig an àm a bhi marbh cuide ris a' phaisde, agus leig mi mi-fhin sìos ann an suidheachan, agus ghuil mi gu goirt.

Nuair bha 'n tiodhglacadh seachad, agus a dh' fhàg a mhuinntir eile an tigh, dh' eirich esan na sheasamh ag radh gu feumadh e bhi falbh. Dh' fheumadh an obair a bhi air a cumail air adhart, agus cha b' urrainn do na saoir car a dheanamh 'sa mhaduinn gus an ruigeadh esan, agus le sin ghuidh e latha math leam.

"O Phàdruig! a Phadruig!" arsa mise, "am fàg thu mi 'san trioblaid so 'sam bheil mi? gu de rinn mis' ort a choisinn do dhiomb dhomh? Bha uair ann nach déiligeadh tu rium mar so. Innis dhomh mo chuire agus cha 'n 'eil ni air uachdar an t-saoghail nach deanainn air son do thoileachadh."

"Cha'n eil an sin ach cainnt fhaoin, ghòrach," ars' esan.

“Cha chainnt fhaoin no ghòrach i, a Phadruig,” arsa mise, “ach cainnt mnatha aig am bheil cridhe briste, cainnt màthar a tha caoidh a leanabha. Tha deagh fhios agad gu’n leagainn-sa falt mo chinn fo do chasan a dheanamh seirbhis dhut, agus bha uair a dheanadh tusa sin air mo shon-sa. Ach cha’n ann mar sin a tha an dràsda—agus O, a Phadruig, an innis thu car-son. Gu dé rinn mi a chuireadh corruich art?”

“Am bheil thu as do chéill, Iseabail, no gu dé tha cearr ort?” ars esan gu crosda; “nach eil mi ’g innse dhut ga bheil an obair ri cumail air adhart, agus nach deanar car gus an ruig mise. Cha ’n urrainn dhomh éisdeachd ri t-òinnsealachd na’s fhaide-feumaidh mi falbh-latha math leat.”

“A Phadruig—m’ fhear-posda!” arsa mise ’s mi tilgeadh mo làmhan mu ’amhaich—“am bheil thu air-son mo mharbhadh buileach, glan? O, an sgàth a ghràidh a bh’ agad dhomh aon uair, ’s nam bòidean a thug thu, na tilg uat mi mar gu’m

[TD 62]

[Vol. 12. No. 8. p. 6]

bu nathair mi. Is mise màthair do chloinne—ise bha thu aon uair ag radh bu docha leat na do bheatha fhein—agus ciamar is urrainn dhut m’ fhàgail ’san dòigh so.” Phòg e mi, agus car tiota shaoil leam gu faca mi deòir na shùilean. Ach a crathadh mo làimhe ’s ag radh “Cha’n urrainn dhomh fuireach,” tharruinn e air falbh uam agus dh’ fhàg e an sud na’m àmhghair mi.

Thòisich mìle dòchas is àmharus ri eirigh suas na m’ inntinn, ga m’ phianadh gu goirt. Bu mhi an aon bhean bu mhi-shona bha fo ’n ghréin. Ach a dh’ aindeoin gach ni cha b’ urrainn dhomh mi-fhin a thoirt gu olc sam bith a chreidsinn mu Phàdruig. Cha’n fhaca mi ’aghaidh tuilleadh gus an robh an obair ud crìochnaichte, agus bu ghle ainneamh leis sgriobhadh, ’s cha robh e ach an dràsda ’s a rithist a’ cur not puinnnd g’ am ionnsuidh a chumadh beò mi-fhin ’s na pàisdean.

Nuair a bha’n obair an Durham deas, fhuair e obair ann an Cheshire, a chaidh innse dhomh a mhaireadh a dha no trì bhliadhnachan. Bha na saoir uile còmhla ris; agus an ceann beagan ùine sgair e chur ugainn airgid gu buileach; agus b’ ann le saothair chruaidh ’s le ànradh nach bu bheag a rachadh agam air greim bidh a chumail ris a’ chloinn, agus an cumail ann an aodach mar mhuinntir eile; agus smaoinich mi a nise co-dhiù gu feumainn mo chor ’s mo chràdh a leigeil ris do m’ athair.

Ach an dearbh ni a bha eagal orm a chluinntinn, ged nach deanainn de dh’ eucoir air Padruig ’s gu ’n creidinn gu faodadh a leithid a bhi fìor, thainig e gu m’ chluais cho grad ri sgair tairneanaich. Bha bean na m’ nàbachd a bha gle chàirdeil rium; agus ged nach d’ thug mi riamh iomradh air cùis mo mhulaid dhi, ach mi daonnan a’ cumail

coltas a bhi sunndach gu leòr orm ged bha chnuimh a cnàmh mo chridhe, thuig i gu math gu robh bròn diomhair agam 's gu robh mi sior dhol as le bhi air mo dhearmad. Bha i air a deagh dhòigh, agus bha aon mhac aice a bha 'g ionnsachadh na saoirsneachd aig Pàdrùig, 's ag obair comhla ris ann an Cheshire. Thug i aon latha cuireadh dhomh fhin 's do'n dithis phàisdean am feasgar a chur seachad aice agus cupan ti a ghabhail còmhla rithe. Ach dìreach nuair bhatar a' toirt a stigh nan soithichean chuala sinn ceum trom air an staidhir, agus co thainig a stigh ach mac mo bhana-charaid agus coltas gle sgìth air. "A Sheonaidh, a ghràidh!" arsa' mhàthair, "gu dé thug dhachaidh thu aig an àm so? Am bheil fhios aig do mhaighstir gu'n d' thàinig thu?" Fhreagair an gille bochd i nach robh, gu'n do theich e uaithe a chionn cho cruaidh 's a bha e-fhein 's a bhana-mhaighstir air!

"A bhana-mhaighstir, a bhalaich!" arsa mise, gu dé tha thu ciallachadh?"

"Tha mi ciallachadh so," ars an gille, "gu bheil e na dhroch dhuine, 's gu bheil bean eile aige bharrachd oirbhse, agus teaghlach cuideachd!"

"O a Phàdrùig! a Phadruig an-ìochdmhoir!" ghlaodh mise, agus thuit mi air an ùrlar mar gu'm bithinn marbh.

B' ann le duilgheadas mhor a fhuair mo bhana-charaid mo thoirt g' am ionnsuidh fhein, agus an deigh sin mo chiùineachadh. Ghuidh i orm ma bha ni sam bith a b' urrainn dhise dheanamh gus mo chuideachadh, mi ga 'ainmeachadh, agus ghabh mi not choig puinnnd an iasad uaipe, agus 'sa mhaduinn am màireach mu'n robh neach eile air ghluasad, ghlas mi an tigh, agus le aon phàisde na m' uchd 's an t-aon eile air laimh agam ghabh mi rathad Charlisle do'n àirde deas. Uaireannan gheibheamaid ar togail ann an cairt tuathanaich no ghabhamaid beagan de'n astar ann an aon de na carbadan a bha ghabhail an rathaid, ach a chuid bu mhò dhe'n ùine bha mi coiseachd 's a' giùlain nam pàisdean. Mu dheireadh an deigh turus fada sgìtheil ràinig sinn Macclesfield, am baile 'san robh Pàdrùig; ach nuair a rainig bha e anabarrach doirbh fhaighinn a mach càite 'n robh e còmhnuidh; ach mu dheireadh thaghail mi ann am bùth 'san robhas a creic bathair-iaruinn, agus chaidh innse dhomh an sin gu robh e fuireach mu mhile gu leth sios taobh na h-aibhne-agus tha mi smaoineachadh gu'm b' ainm do'n abhainn Bodlin. Dh' fhalbh mi ma ta, 's mo phàisdean a coiseachd ri m' thaobh, oir bha mise cho claidhte 's nach b' urrainn dhomh nis an giùlain, agus chaidh mi sios taobh na h-aibhne ga 'iarraidh. Bha am fear beag, sgith 's mar a bha e, a' ruith beagan shlat air thoiseach orm 's a buain neoinen is fhùran eile agus ag eigheach an dràsda 's a rithist, "O a mhàthair, so agaibh fear bòidheach!-bheir mi so dha m' athair!-am bi fada gus am faic sinn e?"

"Cha bhi, a ghaoil," arsa mise, "cha'n fhada gus am faic sinn e nis." Agus bha na deòir a ruith o m' shuilean am feadh 'sa bha mi labhairt. Ach mar bha mi 'g radh, bha'm fear beag mu dhusan slat air thoiseach orm, agus air dha bhi tionndadh oisinn àraid, dh' eigh e

riumsa—"A mhàthair! a mhàthair! so agaibh m' athair a' tighinn na'r coinneamh!"

Leum mo chridhe briste gu m' bheul. Ghlaodh mi ris a ghiullan gu dé bha e 'g radh. Ach air an fhacal rainig mi far an robh e agus có chunnaic mi mu thilgeadh cloiche uam ach Pàdrui!—m' fhear pòsda— agus té àrd bhuidhe, air a còmhdach mar bhànrigh air ghàirdein aige, 's searbhanta a' coiseachd na'n deigh a' giùlain pàisde!"

Chunnaic mi am fear beag a ruith an coinneamh 'athar, agus chuala mi e 'g radh—"Athair, Athair!—so mo mhàthair 's mo phiuthar!"

Ach chaidh mo cheann bochd—sa na bhreislich. Cha'n fhaca 's cha chuala mi'n còrr, agus le ràn truaighe tduit mi gun mhothachadh air an fheur ghorm. Nuair thòisich mi ri tighinn ugam fein, dh' fhairich mi bhi dòrtadh uisge fuar air m' aodann 's air mo bhroilleach, agus air dhomh mo shuilean fhosgladh chunnaic mi gu'm b'e Padruig a bha ga 'dheanamh. Eadhon an uair sin rachadh agam air mathanas a thoirt dha air—son na chaidh seachad, agus dh' fheuch mi ri eirigh, 's a sìneadh mo làimhe dha, thuirt mi, cha b' ann mar chronachadh, ach gu caoibhneil, "O a Phadruig!"

"A bhean gun tùr!" ars esan, 's e 'g amharc orm cho fiadhaich ri mathan, 's e casadh fhiacalan, "Car—son a thainig thu 'n so ga m' chiùradh 's ga m' gheur—leanmhuinn? Till dhachaidh gu t' athair—theirig far an togair thu—thoir leat a chlann—bheir mise dhut na chumas suas sibh; ach na faiceann do ghnùis gu bràth tuilleadh." Bha na pàisdean bochda a rànaich timchioll orm, bha iad ga m' phògadh 's a' cur an làmhan mu m' amhaich. Tha an neart cuirp is inntinn a fhuair mi aig an àm ud a' cur ioghnaidh orm gus an la 'n diugh. Dh' eirich mi na m' sheasamh, dh' amhairc mi air an clàr an aodainn, agus thug a chionta air a cheann a chromadh fa m' chomhair.

"A Phadruig," arsa mise, "mur eil mi airidh air gràdh do chridhe, cha ghabh mi mo lòn uat. Air sgàth nam pàisdean lurach a rug mi, tha mi toileach a bhi sireadh déirc fhad 's is beo mi. Obraichidh mi air an son gus an cosg na h-ìnean bhar mo mheòirean; ach bàsaichidh mi, a Phadruig, agus leigidh mi leòsan bàsachadh le acras mu'm blais iad air greim bidh uatsa! Beannachd leat, a dhuin' an—iochdmhoir, mhi—thaingeil!—agus 's e mo ghuidhe dhut nach fiosraich thu ri d' bheò cràdh a chridhe bhochd a bhris thu!"

Dh' fhàg e mi far an robh mi. Cha'n eil fhios agam càite 'n deach an té a bha còmhla ris, agus cha do dh' fheòraich mi. Ach air eagal ur sgìtheachadh le sgeul ro—fhada—bha mi 'n deigh na coig puinnd a ghabh mi 'n iasad o m' bhana—charaid a chaomhnadh cho math 's gu robh mi smaointinn gu'n toireadh na bh' air fhàgail dhachaidh mi. Nuair bha sinn air ruigheachd mu fhaig mile do Phreston, có thachair oirnn air muin eich ach m' athair a tighinn ga 'r n—iarraidh. Dh' innis mo bhana—charaid dha gach ni mu dheidhinn na cùise, agus cha bu luaithe chual' e sin na thog e rithe as mo dheigh air eagal gu'n deanta cron orm. Leum an seann duine liath bhar muin an eich, chuir e dha laimh timchioll orm agus ghuil e mar phàisde. Chur e sinn leis an ath choidse gu Carlisle; agus á sin thug e mise

'sa chlann leis dhachaidh; agus fhuair mi mo mhuime na deagh
mhàthair dhomh fhin 's na deagh sheanamhair do'n chloinn.

An uair a bha mo mhac mu ochd bliadhn' deug a dh' aois, chaochail m'
athair; agus a bharrachd air na fhuair mise an deigh mo phòsaidh,
dh' fhàg e roinn mhath agam na 'thiomnadh.

Cha chuala mi sgeul air m' fhear-posda fad faisg air fichead
bliadhna. Cha robh fhios agam co-dhiu bha e beò no marbh. Ach ghabh
mo mhac na cheann a dhol dh' ionnsuidh na mara, agus mu'n robh e
bliadhna air fhichead bha e na sgiobair soithich an America. Bha an
soitheach na laidhe aig ceidhe an acarsaid New York nuair thainig
leth sheann duine far an robh e—duine air an robh choltas gu robh e
'n deigh a shlàinte 's a chuid de'n t-saoghal a chall, agus ghuidh e
air, air sgàth nèimhe a thoirt a nall do Shasuinn. Rinn mo mhac
beagan ceasnachaidh air, agus gu dé b' iongantach leis na
fhaighinn a mach nach bu duin' eile 'm baigeir truagh sin ach
'athair—athair neo-smaointeachail fein! Cha d' rinn e casaid sam
bith na aghaidh—oir, O, is uamhasach an ni do mhac labhairt ri
'athair mar bhreitheamh a' cronachadh ciontaich. Cha leig mi leas
innse gu'n d' thug e leis dhachaidh e, 's gu'n d' rinn e gach ni a
bha na 'chomas a chum aiseag gu slàinte. Rinn mise nuair a ràinig e
a bheatha gu càirdeil; thug mi mathanas dha mu'n gann a bha ùin' aig
air iarraidh. Bha e beò da bhliadhn' deug an deigh sin, bha fìor
aithreachas air air—son mar a rinn e, agus chaochail e ag iarraidh
mathanais air—son a pheacaidh 's a' guidhe bheannachdan dhòmhsa 's
do'n chloinn.

Oran Molaidh.

(Air a leantuinn o thaobh 58.)

Am measg do chàirdean tha "C. C.,"
'S da rìreadh togaidh e mo chridh'
'Bhi leughadh a chuid sgriobhaidh grinn
O àm gu àm,
Tha sruthadh sìos o thuigs' a chinn
Bhar bàrr a pheann.

Tha "Cabar-Féidh" le dealas mor
A' sgriobhadh ugainn mu na mòid
'Tha cumail suas a Ghàilig chòir
Air feadh na tìr
A dh' àraich iomadh fiùran òg
Tha garbh 'san strì.

"Gach dìleas gu deireadh" an còmhuidh,
Ma 's crìochnaich mi 'n litir mar is còrr dhomh;
'S fheudar aideachadh le deòin
Gur mor an loinn, tha
Airsan 'tha toirt dhuinn an sgeòil
Mu "mhac an t-saighdeir."

Nis sguiridh mi dhe 'm litir thruagh,
Ma 's gabh sibh fadachd le mo dhan,
Cha 'n 'eil e tlachdmhor do 'n a chluais
A bhi ga h-éisdeachd,
Ach cha 'n 'eil dùil agam ri duais
'Nuair theid a leughadh.

Do charaide,
COINNEACH A. MAC FHEARGHAIS.
<eng>L'Ardoise, September<gai> 25, 1903.

[TD 63]

[Vol. 12. No. 8. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic
AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR
Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn
taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.
Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>
FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhèrr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>

BATHAR CRUAIDH.

Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,

DOTAIR FHIACAL.

OIFIS:—Os cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>

URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>

URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.

An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>

URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE

anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA.<gai>

CORPAICHTHE 1869.

ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00

EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00

AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.

<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.

<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.

<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air
adhart, agus tha

BANCA-CAOMHNAIDH

ann anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh
3%'sa bhliadhna.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A.
Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A.
Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c.; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

[Dealbh]
A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE
dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glaskan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.

M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

ORAN DO SHIR COINNEACH GHEARRLOCH.

LE CAILEIN SIOSAL.

LUINNEAG.

Gum a slàn do Shir Coinneach,
'Sheas a choinneamh mar a b' àbhaist,
Cridheil, uasal, eolach, cliùiteach,
Mar cheann-iùil do Chlann nan Gàidheal.

Ochd ceud deug, naoi deug 's tri fichead,
Sin a bhliadhna 's math leum àireamh;
Fhuair sinn innte leinn Sir Coinneach,
'N gaisgeach tapaidh 's triath air Gearrloch.

Iuchair-ghliocais an taoibh tuatha,
Gum a buan an urram àrd e,
Ceann na céille, steidh nam buadhan,
Deagh Shir Coinneach uasal Gearrloch.

Cha 'n fheil Gaill aige ga 'n àrach,
'S iad na Gàidheil féin a's cìntich';
Sheas iad cruadalach, ro dhìleas,
Le craoibh-shìnnsrìdh oighre Gearrloch.

Tha gach tighearna 's duin' uasal
'San taobh tuath gu léir ag ràitinn,
Nach h-fheil uachd'ran ann cho buadhach
Ri Sir Coinneach uasal Gearrloch.

Tha gach òganach 's gach buachaill',
Tha gach tuathanach 's gach armunn,
Deas gu éiridh leis gu h-uallach,
Mar bu dual do mhuinntir Gearrloch.

'S mairg a dhùisgeadh anns an uair sin
Aobhar gruaim no culaidh thàire,
'S grad a chiosnaichte gach fuathas
Le Clann Eachainn Ruaidh á Gearrloch.

Fhad 's a ruitheas uisg' á fuaran,

Fhad 's a ghluaiseas tonn air sàile,
Gus an tràigh na h-eoin na cuantan
Gun robh buaidh air teaghlach Ghearrloch.

1879.

ORAN

Do Thearlach Friseal-Mac-an-Toisich 'sa bhliadhna 1876.

LE MAIRI NIGHEAN IAIN BHAIN.

LUINNEAG.

O, soraidh slàn a Thearlaich leat,
Bho 'n chaidh thu suas do'n Phàrlamaid,
'Chur impidh mu na Ghàidhlig
Air a càirdean 's air a Bhann-righ.

An uair a ni thu éirigh ann,
Tha dùil agam gun éisd iad riut,
Bhon 's e do chiall 's do reusantachd,
'S ar spéis dhuit a chuir ann thu.

Nuair fhuair ar clann an t-ùghdarras,
Gun d' dhearbh iad uil' an dùrachd dhuit,
Le t' onair ard a dhùblachadh,
Ga d' chur an cùirt na Bann-righ.

Gun d' dhearbh thu dhuinn le d' ghnìomharan,
Nach robh thu na do spiocaire;
'S gur h-onarach a chhriochnaiceadh
Gach ni a bha fo d' làimh-sa.

Gur h-iomadh bochd is feumach
Dh' an do shìn thu làmh na déirce,
Ach cha chualas riamh o d' bheul e,
No ga 'leughadh air a chabhsair.

Gur h-e a dh' fhag cho bàigheil thu,
Na fiurain bho 'n do thàrmaich thu,
'Thaobh t' athar is do mhàthar;
B' ainneamh àit am faict' an samhladh.

Cha b' asgart air a thlàmadh thu,
Air taobh no taobh o'n dàinig thu,
Ach smior an lìn a b' fhearr,
Is craobhan àrda le 'n cuid mheanglan.

'S a bhàrr air buadhan nàdarra,
Is uaisle air bheag stàtalachd,
Nuair choinnicheas tu do chàirdean,
'S ann sa Ghàidhlig 'ni thu cainnt riu.

Ma dhiult iad i 'sa Phàrlamaid,
'S nach doir iad meas no àite dh'i,
Gun cum sinn air an àilgheas i,
Bhon 's càinain tha gun mheang i.

A chànain ghasda mhòralach
A dh' ionnsaicheadh na 'r n-òige dhuinn,
Carson a leigt' an deò aisde,
'S gu leoir dhi air a Ghalldachd.

Cumaidh sinn na h-òranan,
Na sgeulachdan 's na stòraidhnean,
'S na thug an t-Olla Leòdach dhuinn
An òirdheirceas ar cainnte.

Nuair bha sinn òg is gòrach,
Agus sgoilean gun an òrdachadh,
Chuir esan ugainn leabhraichean
Bha neònach anns an àm ud.

'S nuair chriochnaicheadh a chùrsa leis,
Cha b' ann mar chraoibh gun ùbhlàn e,
Oir dh' fhàgadh measan cùbhraidh leis,
'Bheir ùrachadh 'sa ghleann duinn.

Gach soirbheachadh, a Thearlaich, leat,
Is dùrachd math nan Gàidheal dhuit;
'S gun labhair sinn 'sa Ghàidhlig riut
Nuair thig thu bhàn 'san t-samhradh.

Bha Albannach nam Mor-bheann
Tabhairt iomraidh air do phòsadh dhuinn,
'S nì clann na Cloiche sòlas,
Gabhail òran air do bhangaid.

Nì Torr-a-Bheathain gairdeachas,
Dun-ian agus Creag-Phàdruig,
'S bidh tein-aighir air gach àirde dhiu,
'Cur fàilt' air bean-na-bainnse.

Gun deasaich iad na ròstachan,
Na bonnaich choirc' is eòrna dh'i;
'S gum faigh gach aon a dh' òlas
Pailteas fìon', is beoir, is branndaidh.

Bidh clann na Cloiche dichìollach,
'Cur connaidh suas na phìleachan,
'S bidh lasair le toilinntinn ann,
A chìtear 'san Ruigh-Shamhraidh.

Nìs beannachd leat, a Thearlaich,
Agus dùrachd luchd-na-Gaidhlig dhuit,
Is cumhachd bho na h-Ardaibh
Ga do shàbhaladh bho aimhleas.

Cha 'n urrainn mi ga t' fhàgail,
Ged nach ruig mi air mo làmh 'thoirt duit,
Le taing air son do bhàighealachd,
'S do chàirdeis do na bhantraich.

Albannach nam Mor-bheann, <eng>"The Highlander,"<gai> paipear
naidheachd. A Chlach, Clach-na-Cùdainn, baile Inbhirnis.

OIGHRIG BHOIDHEACH ACHACURRACH.

LE EOGHAN MAC-COLLA.

FONN:—<eng>Young Munro.<gai>

LUINNEAG.

Rùn mo chléibh-sa 'n eiteag lurach,
Maighdeann ghrinn a mheadhoin chaoil,
Oighrig bhòidheach Achacurrach;
'S iomadh gille 'thug dhi gaol.

'N raoir, 's mi air mo leaba 'bruadar,
Shaoil mi, 'luaidh, thu bhith ri m' thaobh;
Dhùisg an sòlas tuille 's luath mi;
B' fhada bhuam thu 'n sin, a ghaoil!

'S truagh gun a bhith 'n diugh, 's tu làmh rium,
Aon uair eile 'n sgàth nan geug;
Far an tric mu d' mhuineal tlàth-gheal
Bha mo làmh, 's mo bheul ri d' bheul.

C'uin a rìs an coill Dhailcheanna
'Bhios baird bheag nam preas, le eud,
'G éisdeachd leam do choireall binnealt,
Dh' fhàg neo-mhilis an cuid theud?

Ciod an stà dhomh a bhith 'g innse
Maise t' iomhaigh ghloin gun bheud?
Dealbh mo ghaoil a tharruing cinnteach,
'S bàrd a mìle dheanadh feum.

Stadaibh gus an dig an t-samhainn;
Bidh lionn-dubh air cuid nach saoil,
Faicinn Oighrig, neo-ar-thaing dhaibh,
Na bean-bainns' aig fear a gaoil.

[TD 64]

[Vol. 12. No. 8 p. 8]

Litir a Lag an t-Slocain.

FHIR A PHAIPEAR,—Bha bean àraidh anns an dùthaich so a fhuair litir o charaid anns an t-seann dùthaich, an déigh dhi 'bhi 'feitheamh gu math fada air a son. An deigh do dh' fhear an taighe an litir fhosgladh agus a leughadh, bha a bhean air a doimheadachadh: cha robh anns an litir ach mu leth-dusan facal uile gu léir.

“C’ar son am mi-shealbh,” ars’ ise, “mur an robh aice na ’lionadh i, nach do dh’ innis i gu ’n robh tarbh a’ Bhaile-mhór agus tarbh Cnoc-na-mònadh a sabaid?”

Ged a thòisich mi air sgrìobhadh na litir so cha mhor naigheachdan ùr no annasach a th’ agam ri innseadh. Is ainneamh a tha mi gluasad o’n tigh; coltach ri faoileag an droch cladaich, mu ’n cuairt ann an so fhéin. ’S e an ni a ghluais mi gu litir a chur ugad an dràsda mo mhìle taing a thoirt dhut fhéin agus do ’n bhreitheamh urramach a chunnaic iomchuidh an dara duais a thoirt dhòmhsa air son litir no dha a chur mi gu MAC-TALLA. A dh’ innseadh na fìrinn ghlan cha robh dùil agam ris. Thainig e orm mar thainig a chailleach air Eoghain.

Ach ged a tha leabhar Gàilig no dha agam, cha mhor a tha ’san aon taigh rium a leughas iad. Tha ’n saoghal air a dhol bhuaithe. Bha Gàidheal àraidh a chaith iomadh bliadhna dhe ’bheatha air a mhuir, air tìr ann am port fad as. Tha e glé choltach nach ann am measg Ghàidheil a bha e co dhiubh. Thòisich e air deanamh òran mar a leanas:—

“Mis’ an so am measg na Spàintich,
'S iad a cràgail mar na tunnag!
B’ fhearr ’bhi comhla ri mo mhàthair,
'G ol na blàthaich as a chuinneag.”

Is mi dh’ fhaodas a ràdh gu bheil mi “am measg na Spàintich”—gum ghuth ach Beurla, Beurla! Cho math ’s gu bheil a’ Bheurla tha ’Ghàilig pailt cho math rithe agus moran na ’s fhearr.

Ma ’s fhiach na rannan a leanas a chur an clò bidh mi gu mór na ’r comain:—

Latha dhomh na m’ onrachd,
Aig cornair na sràide,
A smaointinn air cho gorach
'S cho neonach ’s a bhà mi,
'S a liuthad dram a dh’ ol mi
Le oigfhearan gun naire,
'Bha smaointinn gu ’m bu spors
'Bhi ri goraich’ air an t-Sàbaid.

“Thugainn do ’n tigh-osda,
A Dhomhuill, a ghraidhein?”
Arsa gille coir.
(B’ e Di-domhnaich an la e).
“Cha fhreagair dhut no dhomhsa
'Bhi bronach air an t-Sàbaid,
'Nuair a tha gu leor

'San tigh-osda de chairdean.

"Ud, a nis, a Dhomhuill,
Cha choir dhut mu dhiùltadh:
Faodaidh tu bhi sporsail
Gu leor-gun bhi 'sa chùbaid!
Thugainn! 'ille choir,
Bidh sinn comhla a sùgradh;
'S tha fear tha math oir cool
Anns a chomhlan 'bhios mùirneach."

Bha 'n sporran no mo dhòrn
'Broinn mo phòcaid, 's mi smaointinn
A liuthad dram a dh' òl mi,
A dh' fhag mo phòcaid aotrom;
Is m' athair bochd an comhnuidh
'S na deoir a ruith le aodann,
Na 'shuidh a stigh na ònar,
Is Domhull air an daoraich.

"Cha teid mis', a Phàdraig,
Gu bràth do 'n taigh-òsda,
Bha mi na mo thràill
Air a thàille 's cha neònach;
Is fhearr dhuinn a bhi fàgail
An t-àite so còmhla:
Oir cha 'n 'eil na fìor chairdean
A tàmh 'san tigh-òsda."

Thionndaidh e gu stràiceil,
Le tàir air mo chòmhradh:
"Thalla dh' an sgoil-Shàbaid,
A ghràidhein, gu h-òrdail;
Theid mise far an àbhaist-
'Measg 'thràillean,' a Dhomhuill-
O'n tha thus' air fàs
Tuille 's cràbhach dha m' sheorsa."

Dh' fhalbh e is dh' fhàg e
An t-àite gu bòsdail;
A cosg a chuid an là ud-
'S an t-àibhistear còmhla' ris-
A mionnachadh 's a caineahh,
Ged 's nàr a bha ghlòir aig',
Gach eaglais is sgoil-Shàbaid,
Gach dàn agus òrgan.

A Thighearn 'tha gu h-ard
Ann am Pàrras a comhnuidh,
A nochd, O na fàg mi
'San fhàsach na m' ònar;
Ach O mo Dhia bi lamh rium,
'S a ghnath bi ga m' threorach'
Do 'n tìr 'sa bheil mo mhathar,

Mo chairdean 's luchd-eolais.

PEIGIDH PHABACH.

MARBHRANN DO SHEONAIID NIC-AN-T-SAOIR.

LE EOGHAN MAC-COLLA.

LUINNEAG.

O, seinnibh, 'illean, seinnibh leam
Rann gaoil mu m' cheud ghradh boidheach;
'S a ghleann 's an tric a choinnich sinn
Cha 'n fhaic sinn tuilleadh Seonaid.

O, seinnibh cliu na h-ainnir ud
Nach cùm rium tuilleadh còmhail,
Far am bu tric, ga 'faotuinn leam,
Mo chridhe leum le solas.

O, seinnibh nuair a thàrladh dhomh
Bhith faighinn failte 's poig uaip',
Cia mar bu mhomha 'm shuil sud
Na coir air crùn rìgh Deorsa.

O, seinnibh nach b' e 'n t-ioghnadh
Mi bhith 'n sud mu m' rùn cho sporsail;
Bu leoir a dreach 'chur eibhnis
Air an fheur a bha fo brogan.

Droch fhortan oirre 'mheall i bhuan
Gu bhith 'measg Ghall a comhnuidh!
Ceart mar mo chridhe 'spionadh bhuan
Bha dhomhsa dith mo Sheonaid.

Mo thruaigh mi nach sgeul bréige dhomh
An sgeul tha 'n diugh gam leonadh!
Mo léir-chreach gun do chaochail i,
'S tha 'n saogh'l na eallach dhomhsa.

Is ann a mhuinntir Ghlinn-Aora a bha Seonaid Nic-an-t-Saoir. Bha 'm Bàrd gu trom ann an gaol oirre agus a rùnachadh a posadh. Cha robh i ach og nuair a chaochail i. Is e Iseabal Walkinshaw a b' ainm do Rosan an Leth-Bhaile. Bha a h-athair a fuireach ann am Paisley. Is e Nic-Lachainn a bha na màthair. Bha fìor mheas aig a Bhard air Sìne Chaimbeul, "Sìne bhoidheach," ach phos i fear eile. Bha e 'n gaol air Seonaid Stiubhart ré sheachd bliadhna. 'S i an coigeamh leannan, agus an leannan mu dheireadh a bh' aige, gus an d' amais an te a phos e ris.

<eng>The Canadian Bank of Commerce<gai>
RIS AM BHEIL AIR AONADH
<eng>THE HALIFAX BANKING COMPANY.<gai>

Earras Paidhte \$8,700,000
Airgid Taimh 3,000,000

ARD OFIS, TORONTO.

AN T-ONORACH DEORSA A. COX,
Ceann-Suidhe.

<eng>B. E. WALKER,<gai>
Ard Mhanager.

Ofis an LUNNAINN (Sasunn) aig 60 <eng>Lombard St., E. C.
S. CAMERON ALEXANDER, Manager<gai>

Ofis an NEW YORK aig 16 <eng>Exchange Place,
WM. GRAY agus H. B. WALKER, Agents.<gai>

Tha ceud is ceithir meur dhe'n Bhanca so air feadh Chanada is nan
Staidean Aonaichte, am measg am bheil an aireamh a leanas anns na
Roinnean Iochdrach.

<eng>HALIFAX, H. N. Wallace, Manager.
Amherst Antigonish Barrington
Bridgewater Canning Lockeport
Lunenburg Middleton New Glasgow
Parrsboro Sackville St. John
Shelburne Springhill Sydney
Truro Windsor<gai>

Gach seorsa gnothuch banca.
Ceannaichear is reicear airgid is notaichean Breatunnach.
Gheibhear Litrichean Creideas de 'm faodar feum a dheanamh ann an
cearna sam bith dhe 'n t-saoghal.

BANCA CAOMHNAIDH.

Tha Banca Caomhnaidh a nise fosgailt aig gach meur dhe 'n bhanca.
Gabhar suim sam bith air riadh, eadhon suim cho beag ri aon dolar.

Meur ann an Sidni.

<eng>P. C. STEVENSON, Manager.<gai>

ANNS AN STOR UR

LE STOC MOR DE DH

Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula

ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE

air Sraid Shearlot.

<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

[Dealbh]

Bidh fìor chomhfhurtachd agad 'nad dhachaidh nuair a bhios gach

airneis us grinneas air a thaghadh le rian agus tuigse. Agus 's e 'n ceud ni is coir aire fhaotainn am brat-ùrlair a theid air na seomraichean. Gheibh thu againne
Brat-ùrlair is Airneis
dhe na seorsachan a's fhearr, agus gach ni eile air an cuir thu feum air son breaghachd do thaighe.

Cuir a dh' iarraidh Leabhraim anns am bheil gach ni a tha sinn a creic air ainmeachadh. Paighidh sinn faradh do chearna sam bith de Cheap Breatunn.

<eng>Gordon & Keith, A. T. GRANT, Manager.

SYDNEY & LOUISBURG R'Y.<gai>

TIM CHLAR.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh' Iun, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 7.59 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.35 a. m.

A fagail Shidni aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 9.43 a. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 10.35 a. m.

A fagail Louisburg aig 5.30 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 6.21 p. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 7.00 p. m.

A fagail Shidni aig 8.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 9.30 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

Mac-Talla.

Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.

Bliadhna, \$1.00

Tri Miosan, .30

Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd-gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 65]

[Vol. 12. No. 9. p. 1]

MAC-TALLA.

“An ni nach cluinn mi an diugh cha ’n aithris mi maireach.”

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, OCTOBER 30, 1903. No. 9.

CRIOCHAN ALASCA.

Thainig saothair na comhairle bha na ’suidhe ann an Lunnuinn mu chrioch Alasca gu crich. Tha a bhreith a thug iad a mach calg-dhireach an aghaidh Chanada; fhuair na Geancaich barrachd eadhon sa bha iad ag iarraidh, agus cha bu shluagh riamh iad nach iarradh na bhuineadh dhaibh. Tha Canada air a dunadh a mach o’n chuan mhor gu h-iomlan cho fada deas ri <eng>Portland Canal.<gai>

Faodaidh e bhith gu bheil a bhreith ceart agus cothromach, ach ’si bharrail choitichionn ’san duthaich so nach eil, agus tha deagh aobhar air chul na barrail sin. Bha a chomhairle air a deanamh suas de thriuir Gheancach, dithis Chanadach is aon Sasunnach, Morair Alverstone. Bha Canada is Breatunn ag iarraidh gu’m biodh daoine a duthchannan eile air an cur air a chomhairle, daoine aig nach biodh aobhar air-son breith sam bith a thoirt a mach ach breith cheart. Ach ri sin cha’n aontaicheadh na Staidean; cha robh ann ach, “Taghadh sibhse ur triuir fein agus taghaidh sinne an triuir so.” Agus o’n triuir a thagh iad, bu diomhain amharc air-son breith nach biodh gu h-iomlan air taobh an duthcha fein, oir bha iad barrachd is aon uair an deigh am beachdan mu’n chuis a chur an geul mu’n deach an taghadh idir. Cha b’ urrainnear sin a radh mu aon de’n triuir eile, agus theid e sios ann an eachdraidh an t-saoghail, ged fhuair na Staidean na dh’ iarr i nach b’ ann bho chuir a bha comasach air breith chothromach a thabhairt. Tha e soilleir nach d’ rinn Morair Alverstone ach aontachadh le tagradh nan Staidean air-son sith a ghleidheadh eadar an da dhuthaich.

Cha’n eil aig Canada ach feuchainn ris a bheairt a’s fhear a dheanamh dhe’n bheairt a’s miosa. Ma chaill i stiallag fhearainn air an robh coir aice, tha gu leor fearainn aice air am faod i fas ann an sluagh ’s ann an saibhreas. Ged tha crioch Alasca bhi air a shuidheachadh an aghaidh a toile buailteach air a cur gu dragh ’s gu cosdus mu’n Yukon, cha chuir e maille mhor sam bith oirre ann an cearnan eile. Is mor an t-sochair an t-sith, agus cha’n eil e ro-choltach gu’n gabhadh a chuis socrachadh air doigh eile ach mar a rinneadh gun an t-sith a bhristeadh. Ged a sheas na Canadaich an coirichean an aghaidh nan Staidean, ’s ged a “thill iad na dh’ fhan beo dhiu dhachaidh” uair no dha roimhe so, cha bu mhath an leisgeul sin air-son “fùidse, fùidse, choilich chaim” eigheach ri <eng>Uncle Sam<gai> aig an am so. Cha bhiodh e na chomharradh gliocais dhuinn a bhi deanamh uail as na chaidh againn air a dheanamh ris ’san am a

dh' fhalbh; agus co aige tha fios, an deigh an altachaidh a fhuair e o chionn beagan bhliadhnachan a toirt an saorsa do na Cubanach agus bho na Filipinich, nach eil e na fhear-cogaidh na's fhearr na bha e? Chuir Canada a h-aonta ris a chomhairle mu'n do shuidh i, agus cha choir dhi fearg a nochdadh a chionn nach d' fhuair i breith a b' fhearr. Rinn an triuir Gheancach na bha duil againn a dheanadh iad agus cha'n eil teagamh nach d' rinn Morair Alverstone na bharail fein an ni a b' fhearr a b' urrainn dha. Tha coguis ghlan aig Canada 'sa chuis, agus is fhearr sin na moran fearainn.

TEAGASG NA GAILIG.

Co-dhiu a tha a' Ghailig a' faotainn bas no nach 'eil tha e soilleir gu'm bheil iomadh fear is te a tha fathast 'ga labhairt, 's ga sgriobhadh, 's 'ga seinn. Tuigear so o na thachair aig a' Mhod aig Ionarnis far an do chruinnich cuideachd ainmeil Ghaidhealach o chionn ghoirid. Rinn am Marcus Tullibardine oraid eireachdail aig a' chruinneachadh so a bha nochdadh gu'm bheil barrachd chairdean aig na Gaidheil an diugh na bha aca beagan linntean roimhe so. Tha an fhianuis so fìor; agus ma chailleas a' Ghailig a blas agus a meas 's ann aig na Gaidheil fein a bhios a' choire. Cha'n 'eil e gu moran rath a bhi deanamh fuaim mhor gu follaiseach mu shubhailcean na Gailig mur 'eil an luchd-labhairt ag altrum na canain. Ach bidh duil againn ri gnothuichean is fearr 'na dheigh so ann an cearnan a bha car narach mu chanain an sinnseir uige so. Tha aon bhuidhean 's a' Ghaidhealtachd nach 'eil cho dileas 's a bu choir dhaibh a thaobh na cuis so. 'S iad so na Ministeirean. Thuirt an searmonaiche ainmeil Mac Rath Mor a bha aon uair an Grianaig, gu'm biodh an sluagh a' deanamh ris na ministeirean mar a nithear ris a' bhuntata bheag, bidh iad 'g an itheadh, 's 'gan caineadh. Tha na Gaidheil ag itheadh na Gailig a gheibhear o na ministeirean, ach cha 'n 'eil i 'na uairean cho blasda no cho fonnmhor 's a bu choir dhi. Tha tomhas do'n leisg anns a' chuis so. Bidh na fir so gle ealanta anns a' Bheurla anns an cuir iad tomhas do smuain 's do shaothair, ach ni searmoinean nach do chost moran dragh 's nach d' ionnsuich iad riamh a chur air paipeir a' chuis air son na Gailig. Tha cuid diubh a tha faotainn paidheadh gle mhath air son na Gailig: am bheil an toradh a reir an airgid?—Times.

AN DUTHAICH.

Tha daoine air feadh Chanada gu léir min-eolach air beartas 'us toradh na h-àirde 'n Iar-thuath. Tha 'n cruinneachd a' fàs ni 's modha bliadhna an deigh bliadhna. Tha eòlas a's fearr air fhaotuinn bho àm gu àm mu dheibhinn a' chuibrinn de'n chearna sud de Chanada 'tha glé dhlùth air an fhairge rèta 'tha air ceann mu thuath America. Cha'n 'eil teagamh air bith gu cinn cruinneachd reachdmhor, craobhach anns na h-ionadan iomallach ud. Tha 'ghrian a' dearrsadh le solus làidir ré fichead de na ceithir uairean fichead anns an latha. Tha mar so teas 'us solus air am buileachadh gu saoihir air na h-àitean iomallach a tha fada mu thuath, agus air an aobhar so, tha 'n cruinneachd agus gach bàrr eile 'ruigheachd cinneis 'us

pailteis gasda. Tha 'cheist so 'faotuinn moran aire: cia mar a bhitheas e comasach toradh lionmhor, brioghmhor na h-àirde tuath a ghiùlan ann an ùine ghearr gus a' Bhaile rioghail (Montreal) agus thar a chuain gu margaidhean farsuing Bhreatuinn 'us na Roinn-Eòrpa? Is e comhairle 's teagasg nàduir fein gu rachadh gach cruinneachd 'us coirce 's ionmhas eile 'ghiulan thar lochan leathann 'us domhain Chanada gus a' chuan mhor luasganach a tha eadar ar dùthaich agus Breatuinn. Tha rathad-iaruinn no dha 'tabhairt gu cùramach, deifireach stòrais na h-àirde 'n Iar-thuath gu ceann an loch a's àille 's a's modha 'tha againn-an Loch a's àirde <eng>(Lake Superior).<gai> Tha 'nis eadar na lochan claisean uisge 'tha ceithir troidhean deug air doimhneachd. Is urrainn do shoithichean le luchd trom imeachd thar na lochan 'us troimh na claisean uisge bho'n loch a's àirde gus a' Bhaile rioghail far am bheil cabhlach de bhàtaichean smùide daonnan deas ré 'n t-samhraidh, air son gach cruinneachd 'us coirce 's peasair 'us beathach caol no reamhar a thabhairt ann an ùine ghearr thar a chuain.

Is ann do Iain Young, duine tuigseach, aghartach, aig an robh a dhachaidh anns a' Bhaile rioghail, a bhuineas cliù ro mhor, oir 's ann le 'ghliocas 'us le 'thapadh a chaidh an amhuinn a dhoimhneachadh eadar am Baile rioghail agus Cuebec. Tha soithichean a tha 'tarruing faisge air deich troidhean fichead a tighinn a nios bho'n chuan gus a' Bhaile rioghail. Tha oidheirp aig an àm so air chois airson clach-chuimhne eireachdail a thogail do Iain Young.

Tha marsantachd 'us malairt Chanada 'fàs gach bliadhna ni's modha, agus tha, air an aobhar so, àireamh iongantach de bhàtaichean smùide 'tighinn bho iomadh tir 'us cearna gus a' Bhaile rioghail. Tha e feumail gu rachadh acarsaid a' Bhaile so 'leudachadha agus a dhoimhneachadh ann an tomhas mor agus gu sgipidh, ealamh. Chaidh ceithir bliadhna seachad on thòisich iadsan a tha 'gabhail cùrain de'n acarsaid air aitean a dheasachadh anns am bi e comasach do bhàtaichean mora 'chuain air luchd a chur a mach agus a thabhairt a steach gun mhoille no mhairnealachd air bith. Tha iad an diugh far an robh iad ceithir bliadhna roimhe so. Is gann a bhitheadh e comasach do bhalachain barrachd moille 's connsachaidh gun fheum a dheanamh na tha iadsan a nochdadh a tha 'réir am beachd fein a' deanamh gnìomharan foghainteach as leth acarsaid a' Bhaile rioghail. Chosd na bàtaichean smùide moran airgid, agus an uair a chaillear aon aca air na creagan no anns a' cheò, tha call eagalach a' tuiteam air a chuideachd d'am buin i. Is àbhaist doibhsan aig nach robh eòlas no cùram no tapadh gu leoir airson an long a bha an earbsa riu 'sheòladh agus a thearnadh gu sàbhailte, ceart, a bhi 'g radh no 'cumail a mach gu robh sruthan làidir, uaigneach ann am meadhon a chuain, agus gu tug na sruthan so 'n soitheach mor trom as a cùrsa. Tha

[TD 66]

[Vol. 12. No. 9. p. 2]

'n t-àm aig an lethsgèul bhrònach so sgar, oir cha'n 'eil neart no

fìrinn ann. Cuireadh luchd-riaghlaidh na dùthcha suas tighean soluis gu leoir ann an uisgeachan agus anns an t-slighe a's eigin do bhàtaichean a' chuain a ghabhail. Air an deireadh thall rinn an luchd-riaghlaidh suas an inntinn gu tainig an t-àm fadheoidh, mar a thàinig e bho cheann fada, anns an tig e doibh cùram daingeann, teann a ghabhail de na Frangaich a tha 'cumail a mach gu bheil iad min-eolach air gach sruth 'us creag 'us àite domhain 'us eu-domhain a tha ann an amhainn ghasda Chanada. Dhearbh na stiùradairan <eng>(pilots)<gai> iomadh uair nach 'eil ach daoine bochd gun eolas no toinise aca. Is iomadh soitheach gasda a chaill iad no a chuir iad air na creagan. Is fhearr gu mor fada doibhsan d'am buin na soithichean smùide tuarasdail faoilidh, ceart a thairgseadh agus a thabhairt do cheannardan an longan; oir gheibh iad air an dòigh so, 's cha'n fhaigh iad air dòigh eile, seòladairean tapaidh, geur-inntinneach, fiosrach, a sheòlas an soithichean gu tearuinte, gasda, anns an stoirm agus anns a' cheò, 's air am bi nàire 's rughadh gruaidh 'nuair a tha iomradh air a dheanamh air sruthan làidir uaigneach a tha 'tabhairt na luinge as a cùrsa am feadh a tha 'n cuan farsuing air gach taobh di.

Feumaidh mi eachdraidh an rathaid-iaruinn ùir fhàgail gus an ath litir a sgrìobhas mi-an rathad-iaruinn a tha 'dol gus a' chuan a tha air taobh an iar Chanada.

Tha fios muladach air feadh ar dùthcha gu léir, gu do bhuaidhich leis na Staidean ann an cùisean Alasca. B'aithne do luchd-riaghlaidh nan Staidean riamh othail eagalach a dheanamh agus bagairtean uamhasach a thogail an uair a bha connspoid air bith aca le Breatunn. Fhuair iad an dòigh fein daonnan. Cha robh ach Breatunnaich bhochd, ghealtach air an roghnachadh airson cùisean 's coirean Bhreatunn agus Chanada 'dhion agus a sheasamh. B' fhearr an Ridir àluinn Iain Mac Dhomhnuill leis féin na gach Sasunnach-Northcote 's Ripon 'us fir eile-'bha maille ris ann an deanamh Cùmhnant Washington. Bheireadh càch gach ni 'dh' iarradh iad do na Staidean. Sheas Mac Dhomhnuill leis fein gu duineil, foirmeil an aghaidh nan Staidean agus as leth coirean dligheach, ceart Bhreatunnn agus Chanada. Shuidh se daoine mar bhreitheamhan air cùisean Alasca ann an Lunnainn. Chuir na Staidean tri daoine null, ged a thubhairt gach aon diu nach atharraicheadh iad am beachd mu dheibhinn Alasca. Bha 'm Morair Alverstone, breitheamh àrd ann an Sasunn, maille ris an Ridir Tette, Frangach onorach, a tha 'nis na fhear-riaghlaidh thairis air Cuebec, agus Maighstir Aylesworth, fear-lagha foghlumte bho Toronto, air an roghnachadh airson cùisean 'us coirean Bhreatunn us Chanada 'dhion agus a dhearbhadh. Chuir na fir-lagha a bha air taobh Chanada, ann an òraidean pongail, geur, soilleir agus comasach, an géill cia co ceart 'us co iomchuidh 's a bha e gu rachadh gach ni 'bha Canada 'g iarraidh a thabhairt di, oir bha gach cùmhnant le Ruisia gu buileach air a taobh. Bha gach neach a leugh gu cùramach reusanachadh nam fear lagha 'bha air taobh Chanada cinnteach gu faigheadh Canada sealbh air a sruthan 's air a lochan 's air a calachan fein. Dh' aontaich Alverstone leis na Staidean. Bha mar so ceithir an aghaidh dithis. Bha Tette agus Aylesworth gle dhuineil agus gle dhìleas do Chanada. Fhuair càch le còmhnadh Alverstone lamh an uachdair orra. Gheibh Alverstone 'na

dheigh so àite taobh ri taobh le Ashburton ann am beachd gach Gaidheil 'us Gall ann an Canada. Cha'n 'eil e idir iongantach gu bheil fearg gle mhor air feadh Chanada an diugh on chaill sinn aon uair eile fearann 'us lochan a bhuineadh da rìreadh duinn. Tha na Staidean daonnan féineil, sanntach, agus cìod e 'n t-aobhar a tha againn a bhi measail orra? Gu dé 'tha iad a' tabhairt do Bhreatunn no do Chanada 's fhiach iomradh a dheanamh air no buidheachas a thabhairt air a shon? Ma's mor cliù nan Staidean aig an àm so, cha mhaith da rìreadh.

CONA.

URNUIGH DHURACHDACH.—Rinneadh an urnuigh a leanas, ma 's fhìor, le tuathanach coir Gallda de mhuinntir Siorrachd Dhunbreatunn, 's a' bhliadhna 1804, an uair a bha na Frangaich a' bagradh air tighinn a nall.

"A Dhia beannaich an tigh so 's gach duine 's beathach a tha stigh, 's mar dha mhìle de dha thaobh an tighe. O, beannaich am mart, agus a' mhìn, agus an garadh-cail, agus baile mor Dhunbreatunn.

"Beannaich an Trup Glas a tha 'n gearasdan Hamilton. Is gillean sgairteil, fearail iad. Cha b' ionnan iad fhein 's na cìleagan Shasunnach, a bhuaileas an cas air cloich, agus a their: 'Am fear ud anam na cloiche,' mar gu 'm biodh anam 's a chloich.

"O, tog garadh-droma laidir eadar sinn 's na Frangaich, ach fear gu mor is treasa eadar sinn 's na beistean Eirionnach.

"A Thighearna, teasraig sinn bho bhuidhseichean, agus bho bhana-bhuidhseichean, 's bho gach biastaig a shnaigeas air feadh an fhraoich.

"A Thighearna, cuir braighdean dubailte mu amhach rìgh na Frainge, agus thoir dhomhsa ceann na teadhrach, gus a thoirt air cheann leam an rathad is aill leam. Amen.

Tha cleachdadh na dichill 'na buannachd mhoir air a sgath, fein. Is e so fìor shaorsa an duine sin a ta iriosal. Tha e 'cur dealachaidh ro chomharraichte eadar e agus an neach sin eile a tha ciontach agus truagh. Is e so fìor shuaicheantas an urraim a ta aige 'san t-saoghal, agus is e so a bheir air gu 'n abair e, "Tha mi a' cumail m' aite fein am measg mo cho-chreutairean, a chionn gu 'n do choisinn mi e." Tha e 'ga fhaicinn fein saor agus neo-eiseimeileach, agus anns gach comunn faodaidh e a cheann fein a thogail suas.

Tha cumhachd mor aig luchd-deanamh is reic dibhe laidir anns an duthaich so agus anns gach duthaich eile anns am bheil iad. Bidh iadsan aonaichte nuair bhios muinntir na stuaime air an roinn, agus air an aobhar sin tha iad gu tric comasach air an doigh fein a bhi aca nuair nach bu choir sin a bhith. Tha so a' toirt air moran aig

am bheil math is leas an duthcha na 'm beachd a bhi call am misnich, 's ag altrum an eagail gur mo iadsan a tha na 'n aghaidh na iadsan a tha leotha.

Cha 'n e saibhreas mor, no fuil uasal a ni duine sona. Tha 'n da chuid aig moran de na daoinibh a's truaighe air an talamh. Is sona, siochail, beannaichte an ti sin aig am bheil cumhachd gu cur suas gu foighidneach le deuchainnean, agns aig am bheil taingeileachd gu comhfhurtachd a shealbhachadh. Tha 'n ti sin a' tarruing sonais a cuisibh eugsamhla na beatha, agus eirichidh gu math dha a bhos agus thall.

ROBINSON CRUSOE.

CAIB. II.

AN uair a chuala mo mhathair gu 'n robh mi 'cur romham am muigh 's a mach falbh a shiubhal an t-saoghail, ghabh i corruich mhor rium. Thuirt i rium gu 'n robh fhios aice nach biodh e a chum feum sam bith dhomh bruidhinn ri m' athar mu dheidhinn a' ghnothaich; gu 'n robh fhios gle mhath aice nach biodh mo thurus air falbh a chum mo bhuannachd, agus gu 'n robh iognadh gu leor oirre gu 'n smaoinichinn air a leithid an deigh nan earailean agus nan comhairlean glice, caoimhneil a thug m' athair orm. A dh' aon fhacal, thuirt i rium, na 'n cuirinn mi-fhin a dhith, nach robh comas air; agus gu 'm faodainn a bhith cinnteach nach fhaighinn a h-aonta fhein no aonta m' athar gu brath, agus air a son fhein dheth, nach biodh lamh sam bith aice na mo bhas, agus nach biodh agam gu brath ri radh gu 'n d' thug mo mhathair cead dhomh an uair a bha m' athair 'nam aghaidh.

Ged a dhiult mo mhathair facal a radh ri m' athair mu dheidhinn a' ghnothaich, chuala mi 'na dheigh sid gu 'n d' innis i do m' athair a h-uile facal a thuirt mi rithe, agus gu 'n duirt m' athair rithe, agus e fo dhragh mor mu 'm dheidhinn, "Dh' fhaodadh am balach ud a bhith gle shona nam fanadh e aig an taigh, ach ma dh' fhalbhas e as an rioghachd, bidh e cho truagh dheth ri duine a bha riamh beo: cha 'n urrainn mi m' aonta thoirt dha."

Chaidh dluth air bliadhna seachad mu 'n d' fhalbh mi, ged a bha mi fad na h-uine a' toirt cluas bhodhar do gach comhairle a bheirteadh orm gus fuireach aig an taigh, agus an aire 'thoirt air mo ghnothach. Agus bu tric leam a bhith reusanachadh ri m' athair 's ri m' mhathair air son iad a bhith cho fior fhada an aghaidh dhomh falbh agus fios aca gu 'n robh m' inntinn 'g am tharruinn air falbh.

Ach air dhomh tachairt a bhith ann am baile Hull, agus gun smaointean sam bith agam teicheadh, thachair fear dhe mo chompanaich rium agus e 'dol gu ruige Lunnainn ann an luing le 'athair, agus chomhairlich e dhomh gu laidir falbh comhladh ris; agus thuirt e rium nach cosgadh mo thurus dad dhomh. Cha do chuir mi mo chomhairle ri m' mhathair, agus cha mho a chuir mi fios d' an ionnsuidh gu 'n

robh mi falbh, ach leig mi leotha fhaotainn am mach mar a b' fhearr a dh' fhaodadh iad. Agus cha d' iarr mi beannachd Dhe, no beannachd m' athar, agus cha mho a smaoinich mi air an t-suidheachadh anns an robh mi, no idir air ciod a dh' fhaodadh tachairt dhomh.

Anns an droch uair, mar a tha fhios aig Dia, air a' cheud latha de mhios mheadhonach an fhoghair, 's a' bhliadhna 1651, chaidh mi air bord na luinge a bha 'n latha sin fhein a' dol a sheoladh gu ruige Lunnainn. Tha mi 'creidsinn nach do thachair a leithid de mhi-fhortan ri duin' og dhe mo sheorsa riamh roimhe 's a thachair rium mu 'n robh mi a' bheag a dh' uine air bord, agus lean am mi-fhortan so rium anabarrach fada.

An ceann beagan uine an deigh do 'n luing a dhol am mach á amhainn Humber, thoisich a' ghaoth ri seideadh agus an fhairge ri eirigh ann an doigh a bha eagallach. Agus o nach robh mi aig muir riamh roimhe, bha mi anabarrach tinn, agus bha 'n cridhe air chrith agam leis an eagal. Thoisich mi ri smaointean air a' ghnathach ghorach a rinn mi, agus air a radh 'nam inntinn fhin, gu 'm bu mhath an airidh ged a thainig breitheanas o neamh orm a chionn mi bhith cho aingidh 's gu 'n d' fhalbh mi á taigh m' athar, agus gu 'n do

[TD 67]

[Vol. 12. No. 9. p. 3]

chuir mi cul ri mo dhleasdanas. Thainig a h-uile comhairle mhath a thug mo pharantan orm 'nam chuimhne as ur, agus na deoir a shil m' athair, na briathran durachdach a labhair mo mhathair rium, agus bha mo chogais, agus i fhathast gun fhas cho cruaidh 's a dh' fhas i o 'n uair ud, 'g am dhiteadh gu trom a chionn gu 'n d' rinn mi dimeas air gach comhairle a fhuair mi; agus gu 'n d' rinn mi dearmad air mo dhleasdanas do Dhia agus do m' athair.

Fad na h-uine so bha 'n stoirm a' sior fhas na bu treise, agus bha 'n fhairge a' sior eirigh na b' airde, ged nach robh i faisge air a bhith cho ard 's a chunnaic mi i iomadh uair o 'n uair ud. Cha robh i cho ard 's a chunnaic mi i beagan laithean 'na dheagh sid. Ach bha i mor gu leor gus m' fhagail tinn an lath' ud, o nach robh annam ach seoladair og air nach robh eolas sam bith air marachd.

Bha mi 'n duil gu 'n sluigeadh a h-uile stuadh suas sinn, agus a h-uile uair a thuiteadh an long sios eadar na stuadhannan, bha mi 'n duil nach eireadh i gu brath tuilleadh. Agus an uair a bha mi anns an t-suidheachadh dheuchainneach so, bhoidich agus runaich mi iomadh uair, 'nam b' e 's gu 'n deonaicheadh Dia gu 'm faighinn leam mo bheatha air an turus ud, agus gu 'm faighinn mo chas air tir aon uair eile, gu 'n rachainn dìreach dhachaidh do thaigh m' athar, agus nach seasainn air bord luinge ri mo bheo shaoghail; gu 'n gabhainn comhairle m' athar, agus nach cuirinn mi-fhin 'na leithid sid de shuidheachadh truagh gu brath tuilleadh.

Thuig mi gu soilleir an uair ud, gu 'n robh na labhair m' athair

rium fìor mu dheidhinn an t-suidheachaidh anns am bu shona a bhiodh duine 'caitheamh a bheatha, agus chuimhnich mi air cho comhfhurtail 's a bha e fhein a' caitheamh a bheatha, agus nach robh e riamh ann an suidheachadh truagh, trioblaideach aon chuid air muir, no air tìr; agus chuir mi romham gu 'n tillinn dhachaidh gu taigh m' athar dìreach mar a rinn am mac strodhail.

Mhair na smaointeanan glìce agus stolda so fhad 's a mhair an stoirm, agus beagan uine 'na dheigh; ach air an ath latha, thuit a' ghaoth, agus shocraich an fhairge, agus thoisich mise ri fas eolach air mar a bhiodh gnothaichean air muir. Ach air a shon sin, bha mi glè stolda fad an lath' ud; oir bha 'n tinneas-mara gun fhalbh buileach dhìom. Ach anamoch feasgar bha na speuran glan, cha robh deo ghaoithe ann, agus ann am beul na h-oidhche, bha side ann cho briagha 's a b' urrainn duine iarraidh. Cha a ghrian fodha gu soilleir, agus dh' eirich i a' cheart cho soilleir an la-iar-na-maireach. Agus o nach robh ach gann deo ghaoithe ann, agus am muir cho lom, agus a ghrian a' dearsadh air, bha mi smaointean gu'm b' e sealladh cho briagha 's a chunnaic mi riamh.

Chaidh mi gu math air an oidhche, agus dh' fhalbh an tinneas-mara dhìom, agus bha mi glè shunndach. Bha ioghnadh gu leor orm an uair a chunnaic mi cho ciuin, samhach 's a bha am muir an deigh dha bhith cho fiadhaich 's cho uamhasach an latha roimhe sìd.

Agus a nis, air eagal gu 'n leanainn ris an ruintean matha agus glìce a chuir mi romham, thainig mo chompanach, a mheall air falbh o 'n taigh mi, far an robh mi, agus thuirt e, 's e cur a laimhe air mo ghualainn: "Seadh, a Rob, cia mar a tha thu 'g ad fhaireachadh fhein? Tha mi cinnteach gu 'n robh eagal mor ort an raoir; nach robh a nis, ged nach robh ann ach oiteag shuarach ghaoithe?"

"An abair thu oiteag shuarach ghaoithe ris a' sìd," arsa mise; "bha 'n stoirm dhearg ann."

"Stoirm, amadain," ars' esan. "An abair thu stoirm ris a' sìd? Cha b' fhiach sìd a bhith 'bruidhinn air. Ma bhios an long dìonach laidir, agus gu 'm bi farsuinneachd cuain againn, cha chuir sinn uidhireachd sam bith air uiread sìd de ghaoith. Ach cha 'n 'eil annadsa ach am fìor dhroch sheoladair, a Rob. Tiugainn comhladh rium 's gu 'n olamaid cupan punsha, agus cuiridh e a h-uile rud dhe sìd as ar cuimhne. Nach fhaic thu cho briagha 's a tha 'n t-side nis?"

Gu sgeula goirid a dheanamh dhe 'n earrainn mhuladaich so dhe mo naigheachd, rinn sinn mar a bha na seoladairean a' deanamh anns an am; rinneadh am punsha, agus chuir iad a' mhisg orm leis, agus le aingidheachd na h-aon oidhch' ud, bhàth mi na rinn mi de dh' aithreachas, na ruintean matha a chuir mi romham, agus a h-uile smaointean bhronach a dh' eirich suas 'nam chridhe mu dheidhinn mar a chaith mi mo bheatha 's an am a dh' fhalbh. A dh' aon fhacal, mar a shocraich garbh-thonnan na fairge an uair a thuit a' ghaoth, mar sin, mar an ceudna, dh' fhalbh gach crith, agus eagal, agus curam a bh' ormsa mu dheidhinn mo bheatha, agus thainig gach iarrtus laidir a bha agam roimhe sìd gu falbh as an rioghachd air ais, agus

dhichuimhnich mi gu buileach gach boid agus gealladh a thug mi an uair a bha mi 'nam eiginn.

Fhuair mi uair is uair cothrom air smaointeachadh air mar a thachair dhomh, agus bha na smaointeanan glise, mar gu 'm b' eadh, a' feuchainn air uairibh ri tighinn air ais a rithist. Ach thilg mi dhìom iad, agus chuir mi cul riutha mar gu 'm b' e galair a bhiodh annta, agus fo bhuaidh na dibhe agus na cuideachd a bha maile rium, fhuair mi lamh-an-uachdar orra, agus ann am beagan laithean, fhuair mi buaidh air mo chogais cho math 's a dh' iarraidh duin' og sam bith dhe mo sheorsa.

Ach bha agam ri dhol fo dheuchainn eile fhathast; agus mar a tha gu tric a' tachairt 'na leithid de shuidheachadh, runaich am Freasdal m' fhagail gu buileach gun leithsgeul. Oir mur gabhainn ris na chaidh mi troimhe mar shaorsa, bha an ath dheuchainn gus a bhith cho cruaidh 's gu 'n aidicheadh am fear bu chruaidhe cridhe 'n ar measg gu 'n robh e ann an cunnart mor, agus feumach air truas agus air trocair.

Air an t-siathamh latha dhuinn a bhith aig muir, thainig sinn do 'n acarsaid aig Yarmouth. O 'n a bha 'n t-side ciuin agus blath an deigh na stoirme, cha do chuir sinn astar mor sam bith 'n ar deigh. O 'n a bha 'ghaoth 'n ar n-aghaidh, b' fheudar dhuinn acrachadh an so. Bha 'ghaoth o 'n aird an iar-dheas, agus bha sinn aig acaire fad seachd no ochd de laithean. Thainig moran de shoithichean eile 'steach do 'n acarsaid, o 'n a bha i na h-acarsaid shabhailte anns am faodadh soithichean tamh a ghabhail gus an tigeadh soirbheas fabharrach leis am faigheadh iad a dhol a steach do 'n amhainn, no air falbh a dh' ionnsuidh aon bhaile-puirt do 'm b' aill leotha dhol.

Dh' fhaodamaid a bhith air faotainn suas do 'n amhainn mur b' e gu 'n robh a' ghaoth tuilleadh is laidir; agus an deigh dhuinn a bhith aig acaire ceithir no coig de laithean, sheid a' ghaoth anabarrach mor. Ach air a shon sin, o 'n a bha 'n acarsaid math agus fo ainm a bhith sabhailte, agus o 'n a bha 'n long agus a cuid acfhuinn gu math laidir, cha robh curam no eagal sam bith air an sgiobair no air an sgiobadh. Chuir iad seachad an uine 'nan tamh, agus iad gu mear, subhach mar is gnath le seoladairean a bhith. Ach air madainn an ochdamh latha sheid a' ghaoth na bu mho 's na bu mho, agus b' fheudar na croinn arda a thoirt a nuas, a h-uile rud a dheanamh a ghabhadh deanamh gus comas a thoirt do 'n luing seasamh ris an stoirm.

Mu mheadhain latha, dh' eirich an fhairge cho ard 's gu 'n robh i bristeadh a steach air toiseach na luinge, agus shaoil sinn uair no dha gu 'n robh i 'tarruinn an acaire. An sin dh' ordaich an sgiobair an t-acaire-bais a chur am mach. Mar so bha 'n da acaire fo 'ceann, agus bha na cablachan air an leigeadh am mach cho fad 's a ruigeadh iad.

(Ri leantuinn.)

EOBHAIN BAN MAC AN T-SAIGHDEIR.

LE SEUMAS N. MAC FHIONGHAIN.

CAIB. XVII.

SUAS CEUM MOR EILE 'SAN FHARADH-MAR A DH' FHAILTICH EOBHAIN BAN AN DIUC IARUINN-AM PARIS GHREADHNACH.

CHA ruig sinn a leas a ràdh mu 'n latha no mu 'n bhlàr so, ach gu 'n do chath Eobhain gu duineil, treun, guala ri guala le charaid ùr, gus an do chriochnaich am blàr, anns an reiseimeid ainmeil ud, an 92-reiseimeid Ghàidheal a bha na 'n Gàidheil 's na làithean ud. Cha b' ionnan 's mar tha gnothuichean an diugh. An uair a bhios bearna ri 'lionadh 's na reiseimeidean Gàidhealach (mar a theirear) cuirear féile beag is boineid bhiorach air gach fear a thig an rathad, co dhiù bhios ann Iudhach no beadagan caol, glas á Lunnainn. Is óbh, óbh! co ach iadsan?—smior nan Gàidheal! Ach tha bhuil 's a bhlàth. Bhiodh e 'cheart cho nàdarra diollaid an eich dhuinn a chur air druim a mhairt mhaoil, an dùil gu 'n deanadh sin each math dhi, 's a bhi 'n dùil gu 'n deanadh féile beag is boineid bhiorach gaisgich Ghàidhealach dhe 'n t-seòrs' ud. Ged nach robh ar curaidh 'san trusgan Ghaidhealach an là ud, bha gràinne mullaich na culaidh sin aige gu math-làn a chinn de chainnt nam beann—an iuchair a chuireas cridh' an fhìor Ghaidheil air mhìre 'sa chath, 's gu co-fhaireachduin 'sa bhròn no 'n aoibhneis, agus mar sin chaidh iomadh làmh chàirdeil na ghlaic ga 'fhàilteachadh do 'n rancaichean treun. An oidhche sin chaidh ainm sìos am measg nan Gàidheal mar sheirdsean mar a bha e measg nan Gall. Bha 'n t-atharrachadh furasda 'dheanamh 'san àm, oir chaill iad iomadh laoch air àr <eng>Quatre Bras,<gai> agus a bhàrr air a sin chunnaic Eobhain an Caiptean, a thaobh a bhrath a bh' aige thun an àrd-chomandair, a bha e air-son a thoirt seachad gun dàil. Chunnaic an caiptean am màidsear le Eobhain na 'chuideachd, is chaidh iad an sin thun a chòirneil, agus mar sin suas gus an do ràinig iad bàrr an fhàraidh far an robh an comandair fhéin. Ann am beagan bhriathran dh' innis Eobhain dha mar a dh' éirich dhaibh, agus ged nach dubhairt an duine mor moran ris a Ghaidheal òg, chòrd a ghluasad gu mor ris, mar a thuig na h-ofigich a bha eòlach air a dhòighean. An uair a dh' fhag càch làthair an diuc, dh' éibh e air ais air a chòirneal Ghàidhealach.

“An aithne dhut an duine òg ud?” ars' esan.

“Cha 'n aithne gu pearsanta, mo thighearna. Tha e nis na sheirdsean na 'm reiseimeid. Ach tha mi tuigsinn gur e 'cheart òganach air am biodh mo charaid Mac-a-Ghobha 'bruidhinn gu tric, 's ga m' sgìtheachadh a seinn mu 'chliù 's mu 'spionnadh 's mu thapachd. Ach tha mi nis a tuigsinn gu 'n do thoill e 'h-uile lide dheth.”

“Ah! cha 'n 'eil teagamh. A réir a chainnt tha mi tuigsinn gu bheil ionnsachadh math cumant' aige, agus tha mo shùilean 's mo chluasan ag innse gur taghadh an t-saighdeir e. A dh' aon fhacal cha 'n 'eil ni eadar e is cothrom air tionndadh a mach na roghadh is taghadh an

ofìigich, mar tha mise tuigsinn, ach cion an airgid. Agus gu fìrinneach tha e bhi pailt aig iomadh aon nach

[TD 68]

[Vol. 12. No. 9. p. 4]

do thoill e, a toirt dhuinn, mar tha fios agadsa 'chòirneil, iomadh amadan gun eanachainn mar ofìgich, 's a cur iomadh uair beatha dhaoine na'n lamhan. Ofìgich!" ars' esan, 's fiamh gàire tighinn air a ghnùis thana, ghlais; "ofìgich! na 'm biodh am pòcaidean falamh 's gun chàirdean cumhachdach ri 'n cùl, ris nach earbte dhol na 'n aonar do 'n tobar, mu 'n rachadh iad an comhair an cinn ann, 's an t-uisg' a shalach. Ach thig an latha-ach coma cha bhi sinn ga 'fheitheamh 'sa chàs so. Co na h-ofìgich a mharbhadh no 'leònadh gu dona na d' reiseimeid an diugh, a chòirneil?"

"Am Màidsear Friseal, mo thighearna, 's an Caiptean Domhnullach; agus tha <eng>Lieutenant<gai> Mac-an-t-Saoir air a leòn cho dona 's gu bheil eagal orm nach bi e beò, agus—"

"Ni sin an gnothuch, a chòirneil. Tha 'n t-àm so cabhagach is moran againn ri dheanamh, agus feumaidh sinn na leithid sin a dh' àm bristeadh air iomadh lagh is riaghailt. A dh' aon fhacal faic gu 'm faigh ar caraaid an Gàidheal òg so àite Mhic-an-t-Saoir, agus gheibh sinn na paipeirean an ordugh 'nuair a bhios na 's lugha again ri 'dheanamh."

An ath mhaduinn gu moch bu mhor iognadh agus faodar a radh toileachadh Eobhain bhàin, agus bu mhor 's bu làn-chridheach an coghàirdeachas a rinn a chàirdean ùra maille ris, agus ma bha farmad aig a h-aon ris cha do nochd e e 'n là ud, oir fhuair e ma sgaoil air dhòigh air choireiginn mu na dh' éirich dha air an turus iomraiteach a thug e gu buil cho math, 's gu 'n robh iad a sealltainn air mar churaidh treun. Cha mhò a thug am fortan a thainig na rathad air Eobhain bàin a shròn a thogail aithneachadh na b' àirde na dh' fhàg nàdar i, agus fhreagair e chlais ùr so cho nàdarra 's ged a dh' fhàsadh e innte. An deigh beagan cadail a dheanamh air an latha so, fhuair e òrdugh a dhol air adhart le beagan de ghillean taghte roimh 'n chuid sin de 'n arm, mar fhreiceadain toisich, 's iad uile gluasad air adhart gu àite sònruichte dlùth do bhaile-mór Bhrussels. Bha 'n dùthaich gu léir air an latha so, an seachdamh latha deug de mhios meadhonach an t-samhraidh, beò leis na Frangaich, stuadh air chùl stuaidhe dhiu, 's iad uile 's an aghaidhean air an aon chala. Bha e furasda thuigsinn gu 'n robh mionaid shònruichte tarruinn dlùth-latha bha ri bhi ainmeil an eachdraidh an t-saoghal-an latha ro-òrdaichte 'bha dol a chur crìoch air cumhachd Bhoni gu bràth. Bha nàdar fhein an latha so mar gu 'm b' eadh a cograich mu 'n chrìch. Bha i aig fois mhi-nàdarra, mar gu 'm biodh i 'san dorus ag éisdeachd 's air a h-obraichean àbhaisteach fhàgail 's a h-aire uile air an latha mhor a bha dlùth-Là Waterloo. Cha do thachair ni 's fhiach ainmeachadh air an turus so do dh' Eobhain, no gus an robh e na aonar 'san fheasgar

beagan mhiltean o'n champa. Bha e smaointinn tilleadh do chuideachd chàich o nach robh e faicinn dad amharusach sam bith, oir bha òrdugh cruaidh aca seorsa duine sam bith nach riaraidheadh iad, no air an gabhadh iad amharus a ghlacadh. Mar a chaidh a ràdh bha ar curaidh a dol a thilleadh, an uair a chual' e marcaich an nuas uige, air nach robh moran cabhaig a réir choltais. Bha each aig a Ghàidheal air-son an turais so, 's a tionndadh sheas e dìreach air an rathad roimh 'n mharcaiche 's thug e òrdugh dha seasamh. Cha do leig an duin' air gu 'n cual' e e, ach leis na briathran, "Teann as mo rathad," bha e 'dol a ghabhail seachad gun an còrr freagairt. Ach bha òrdugh soilleir aig Eobhain bàn, agus ged bu rìgh e cha robh e dol ga 'leigeil seachad mar sud. "Seas!" Thug e 'n t-òrdugh seachad a rithist, ach bha fear a' chleòca ghlais, anns an robh e tiodhlaicte thun nan cluasan, a leantuinn roimhe le, "Seas a thaobh! seas a thaobh! An cual' thu mi?" Ach cha do sheas e 'thaobh: na aghaidh sin shìn e mach a chròg mhor, 's a breith air sgòrnan air an fhear eile tharruinn e le 'ghairdein laidir as a dhiollaid e, is thug e air a bheulaobh fhein e. "C'ar son," ars' esan, "nach do—" Cha deach e na b' fhaide, oir aig a mhionaid sin fhuair e sealladh air da shùil bhiorach, fheargach ag amharc air 'san dorchadas—cha mhor nach do dh' fhairich e iad—ach b'ann air an t-sròin aig an duine 'laidh a shùilean le eagal agus uamhas. Co bh' aige ach an Diùc Iaruinn, àrd-chomandair an airm Bhreatunnaich! Cha mhor nach do stad anail Eobhain bho chd, air dha so drughadh air an inntinn aige. A leigeil as an diuc car cabhagach, mar iarunn dearg, leum e gu làr 's rinn e ùmhlachd mar bu chòir, is dh' iarr e mìle maitheanas air an duine mhor air-son an diol a rinn e air. Cha do leig e dad air, no gu 'n cual' e e, ach a toirt sùil bhuaithe thuirt e gu h-aithghearr, "Glac an t-each agam 's thoir ann an so e," agus aig a cheart àm rug e fhein air srian each Eobhain. Fhuair an Gàidheal greim air an each is chuidich e 'n diuc do 'n diollaid air ais, agus mu 'n d'fhuair e socrachadh innte, thainig triuir no cheathrar de dh'àrd ofigich an diuc na'n cruaidh—leum, is thug e na'n cuideachd aghaidh air Brussels. Bha Eobhain a smaointinn gu 'n robh 'chùrsa saighdeireachd aig a ceann, o nach dug an diuc freagairt sam bith dha; ach anns an dealachadh thionndaidh e ris 's dh' fhaighneachd e 'n làthair chàich, an robh e dol thun a' bhàl mhoir a bha ri bhi 'sa bhaile 'n oidhche ud, ach gun fheitheamh ri freagairt a Ghaidheil ghabh e air falbh.

Faodar a radh gu 'n deach Eobhain, 's e nis na ofigeach, greiseag thun a' bhàl an oidhche ud; ach bha e 'n dùil a h-uile mionaid gu 'n digeadh teachdaire uige le brath nach robh 'sheirbhis a dhìth air an rìgh na b' fhaide, ach cha dàinig. Air dha bhi dol troimh 'n talla rìomhach, ghreadhnach, am measg nan ceudan sgeadaichte 's gach dath 'sa bhogha-frois, thachair an diuc ris, 's e dian chòmhradh ri seanalair ainmeil eile. Air do 'n diuc an Gaidheal mor so fhaicinn, le 'dheise bhallach, bhòidheach, sheall e air gu geur 'san dol seachad, 's air dha aithneachadh thainig fiamh gàire air a ghnùis.

Mar a thàinig crìoch aithghearr air a bhàl, air dhaibh a chluinntinn gu 'n robh na Frangaich a tarruinn dlùth, 's mar a ghluais iad iad fhein, 's gach ni eile, tha iomraiteach an iomadh eachdraidh, agus sgriobh iomadh ùghdar ainmeil uime. A dh' aon fhacal bha e na mhèinn

bheairteach do sgrìobhadairean riamh uige so, agus bidh e mar sin fad iomadh linn fhathast. Ga fhàgail mar sin aig muinntir nan sluasaidean mora, cha toir mis' as ach làn no dha mo spàinne bige fhìn 'san dol seachad. Mar tha fios aig an leughadair, fhuair an reiseimeid Ghàidhealach do 'm buineadh Eobhain bàn cliù mor latha Waterloo, oir b' e a cuid shaighdearan a ghabh a mhìre-chath mhor, 's gus greasad air a bhì am bad nam Frangach, ghlac moran dhiubh greim air stiorapan nan trupairean treuna, na <eng>Scots Greys,<gai> air dhaibh a dhol seachad orra na'n cruaidh leum thun nan ceatharnach bu treuna bh' aig Boni. Na'm measg so bha Eobhain bàn. Agus bu mhiorbhuilteach aon aca 'thilleadh beò riamh á measg na h-eachraidh, eadar an naimhdean 's an càirdean, 's am Bàs na bhoil air gach taobh a cùnntas na gràinnsich, 's gun fheum aig' air an là ud a sheann speal gheur a thoirt á pasgadh ann. Cha robh cuimhn' aig Eobhain ro mhath air ni, o'n a rug e air stiorap air each mór glas a thainig na chruaidh leum seachad air, no gus an d' fhuair e e-fhéin na shìneadh fo each mor Frangach, a bha fàsgadh na beatha as, cha robh 'thùr no 'chiall ro mhath aige. Bha cuimhne mhùgach aige gu 'n robh eich is daoine 'tuiteam air gach taobh dhe, 's gu 'n robh gach Frangach a bha 'sireadh a bheatha 'dol ga làr air dhòigh air choireigin, 's gu 'n robh 'ghairdeanan daonnan ag iathadh mu 'n cuairt air, le arm anns gach laimh ga 'gheard, gun òrdugh sam bith o inntinn. Ach thòisich e air smaointinn gu reusanta, air dha e fhein fhaighinn 'san t-suidheachadh chunnartach so, agus dh' fheuch e ri 'neart a chur an géill gus e fhein a shaoradh, ach cha robh sin furasda 'dheanamh far an robh e. Mu dheireadh fhuair e leth char a chur dhe fhein air chor agus gu 'm faigheadh e sealladh na b' fhearr mu 'n cuairt, 's air dha sin a dheanamh chunnaic e sealladh a thug air a shùilean a dhùnadh. An ath mhionaid dh' fhosgail e iad 's e air gluasad a chluinntinn dlùth dha. Chunnaic e seanalair Breatunnach astar bhuaithe air a ghlacadh fo each mar a bha e fhein, 's e le iomadh spàirn a feuchainn ri faighinn cuibhreas e. Chual' Eobhain gluasad eile, 's a tionndadh a shùl an taobh sin chunnaic e saighdear Frangach air a dhroch leòn, ach guineach, nimheil, eadhon 's na mionaidean deireannach fhéin, bha e ga 'shlaodadh fhein rathad an t-seanalair, is gràin bhàis a dearrsadh na 'shùilean. Bha béigneid mheirgeach aige eadar 'fhiacalan, agus mar so bha e gu mall ach gu cinnteach a giùlan a' bhàis thun a Bhreatunnaich aig nach robh cothrom air e fhein a dhion. Le sreamadh gàire aognaidh air a ghnuis ghlas-neulaich, bha 'm Frangach gu bhì aige, agus thuig Eobhain gu 'm biodh gach ni seachad am beagan mhionaidean mur an rachadh aige fhéin air faighinn saor. Le spàirn chruaidh fhuair e air a bheul-fodha, 's a breith air chois air each marbh eile dlùth dha tharruinn e e-fhein as, 's a leum a null, ged a bha e brùite, rug e air an Fhrangach is ghiùlan e e gu àit' eile, agus ga 'fhàgail am measg a sheòrsa fhein, ruith e air ais 's thug e 'n seanalair as an ribe bhàis 'san robh e, ach a faicinn nach rachadh aig' air coiseachd, ghiulan e e gu luath gu àite sàbhailte, air dha trup dhe na Frangaich faicinn a tighinn air aghaidh. Air dha an t-ofigeach fhàgail, co chunnaic e gu stòlda 'g amharc air ach an diuc, a thionndaidh 'san àm ri ofigeach ri thaobh leis na briathran: "Dh' aithnich mi gu 'n robh stuth ceart, nach meataicheadh teine, 's a Ghàidheal òg ud, agus na'm biodh moran dhe leithid agam 's fhad' o bha Bonaparte fo chis." Cha robh na briathran so air an ciallachadh

air-son cluasan Eobhain, ach chual' e iad 's dh' fhàg iad e na bu thoilichte na ged bu leis òr na h-Eòrpa. Cha ruig sinn a leas an latha mor so a leantuinn na 's fhaide, oir tha fios againn uile air a chrìch 's mar a chaidh crìoch aithghearr air dòchasan Bhoni gu dìlinn, 's gu 'm b' fheudar dha e fhein a thoirt suas dha naimhdean buadh-mhor an uair a dh' fhairlich air teicheadh air falbh do na Staidean Aonaichte. Agus na 'n greim iarnaiddh fàgaidh sinn e, o'n a chaidh a ghrian fodh' a nis gu bràth.

Ghabh na curaidhean buadh-mhor air aghaidh do bhaile-mor Pharis, agus na'n cuideachd ar curaidh Eobhain bàn, agus ann an sin chunnaic e ioghnaidhean a bha e smaointinn a bha do-dheanteadh do inntinn dhaoine dheilbh. Ach ged a bha beatha shòghmhor, shon' ac' ann mar bu trice, bha iad air an cuairteachadh le iomadh cunnart o ghamhlas a naimhdean furachail, a bha gun teagamh a cumail aodainn bhriagha riutha 'nuair a bhiodh iad na 'm buidhnibh làidir air an latha; ach 's iomadh aon a ghluais a mach an slàinte a dh' amharc a bhaile mhor air an oidhche, nach do thill riamh 's nach cualas iomradh air an crìch uige so. Gu follaiseach cuideachd, bhiodh iomadh uair còmhstri 's na taighean-òil, 's bhiodh

[TD 69]

[Vol. 12. No. 9. p. 5]

claidhnean is dagaichean gu tric an tarruinn. Bha gu h-àraidh aon bhaidein de dh' ofigich Frangach a deanamh dichill gus a leithid so aobharachadh. Bha gach fear aca so gle threun agus coimhionta air gach seòrs' airm, agus gu h-àraidh bha ceannard a bhaidein so ainmeil a thaobh spionnaidh agus crosdachd, agus cha robh bhuaithe ach beum a thoirt do dh'ofigeach Breatunnach sam bith a thachradh ris, air-son toirt orra éubhach a mach far am biodh esan daonnan buadh-mhor, agus is iomadh òganach teith, àrd-inntinneach a chuir am màidsear borb Frangach gu bàs mar so, gus mu dheireadh an robh eagal mor roimhe na 'm measg.

Air aon oidhche bha seisear de dh' ofigich Bhreatunnach cruinn aig cuirm bheag dhaibh fhein aig bòrd am fear dhe na taighean òsda so, agus na 'm measg bha Eobhain bàn mac an t-saighdeir agus ofigeach òg Gàidhealach eile. Am meadhain na cuirm chual' iad straighlich bhòsdail a tighinn thun an doruis, 's an ath mhionaid nochd am Frangach mor borb 'sa chàirdean air bathais an ùrlair mu 'n coinneamh. Sheall am Frangach gu ladarna mu 'n cuairt, 's a sin chaidh bacag air ma b' fhior agus bhual e 'n gairdein fear dhe na Sasunnaich, a bha 'cur glain' fhion thun a bheòil 'san àm, a dòrtadh a h-uile boinne dheth air Eobhain a bha làmh ris le gàire magaidh.

(Ri leantuinn).

TIR NAM BEANN, NAN GLEANN 'S NAN GAISGEACH.

BHIODH e 'n a ni dàna, agus, ma dh' fhaodte, ann an iomadh

cuideachd, 'n a ni cunnartach a radh, ged nach mor dhaoine tha cho gaolach ri Gaidheil na h-Alba mu'n Daoine 's mu'n Dachaidh fein, gu bheil iad suarach mu'n Duthaich. Cha mho bhiodh e ceart, tha mi meas, co-dhiu gun ni-eigin de mhineachadh, dol a chur suaraichead mu'n Duthaich á leth nan Gaidheal. Cha 'n 'eil neach a chunnaic a' bheag no mhor do ghiulan a' Ghaidheil an Tìr choigrich, nach faca iomadh comharra follaiseach air a bhaigh r'a Chinneadh, r'a Chanain, 's r'a Dhuthaich. Tha fios againn uile air a' chumhachd tha aig cliu 'us onoir a Dhuthcha 's a Dhaoine thairis air inntinn an t-Saighdeir Ghaidhealaich, a chum a bhi 'g a bhrosnachadh gu gnìomhan euchdach, airidh air a Thìr 's air a Shinnsirachd. Anns na bailtean mora, gu h-àraid o chionn beagan bhliadhnachan, tha gluasad a' Ghaidheil ro chomharraichte. Cha 'n 'eil baile mor, no ach gann baile beag, am Breatunn, anns nach 'eil Comunn Ghaidhealach, d'am prìomh dhleasdanas a bhi dearbhadh do'n t-saoghal mu'n cuairt doibh, an àm san an-àm a rèir beachd morain, gur sluagh sonruichte iadsan, 'n an Eideadh, 'n an Ceol, 'n an Canain, 'n an Cleachduin, 'n an Sinnsearachd, 's 'n an Eachdraidh.

Agus ma leanas sinn na Gaidheil do dhuthchannaibh cein, gheibh sinn dearbhadh nach facas, ma dh' fhaodte, riamh roimhe air speis Sluaigh do'n Tìr a dh' fhag iad. Their Luchd-turuis ma tha toil agad fìor Ghaidheal fhaicinn, gu'm feum thu Albainn fhagail, 's imrich a dheanamh do Chanada no do Australia. Tha e air aithris gu'm faighear 'n ar latha-ne barrachd de'n fhìor fhuil Ghaidhealaich, de fhìor Chleachduinean, 's de fhìor Chainnt nan Gaidheal air raointean Australia 's an coilltean Chanada, na gheibhear an Albainn. Cha 'n 'eil teagamh nach 'eil na Gaidheil an Albainn a' dol an teircead 's an laigead; ach nach mor an t-aobhar gairdeachais, ged tha ar Cinneadh a' crìonadh 's an Rìoghachd so, gu bheil e neartachadh taobh thall a' Chuain,—nach Bàs ach caochladh Beatha tha'n dàn d'ar Sluagh. 'S ann le smuaintean dubhach, trom, a chuimhnicheas sinn air na mìltean 's na deich mìltean a dh' fhogair ainneart as an Tìr fein; ach is ann le aoibhneas mor a leughas sinn no 'chluinneas sinn mar a shoirbhich le'r Luchd-duthcha an Rìoghachdan céin, 's gu sonruichte mar tha Tìr an duthchais, fuar 's mar fhuair iadsan i, cho blath 'n an cuimhne. Co'n t-suil nach las, co'n cridhe nach plosg, an uair a dh' innsear gu bheil a' Ghaidhealtachd 'sa' Ghailig cho muirneach thairis 'sa tha i aig baile; gu bheil am Fogarrach a teagasg canain agus deagh chleachduin aithrichean d'a Chloinn; 's gu bheil a' Chlann ag adhlacadh nan Aithrichean ann an Cill a th' air a h-ainmeachadh air a' Chill 's a' bheil an Sinnsearachd 'n an luidhe mu Thuath? "Tìr nam Beann, nan Gleann, 's nan Gaisgeach!" Cha 'n 'eil cearn de'n talamh air an do chuir an Gàidheal a chos anns nach cualas an fhuaim; agus cha 'n 'eil àite 's an cualas i, nach do dhuisc i an cridhe a' Ghaidheil na faireachduinean is luachmhoire a bhuineas d'a. Tha do cheann na's airde, 's do cheum na's farumaiche, an uair a chluinneas tu 'n radh air cabhsair a' bhaile mhoir; is tric a neartaich an smuain misneach, 's eadh, agus creideamh an Eilthirich ri am trioblaid 'us deuchainn an Tìr chein; agus nach minic a chaidh an Saighdear Ghaidhealach le iolaich an coinneamh an Namhaid, le suil na h-inntinn suidhichte air "Tìr nam Beann, nan Gleann, 's nan Gaisgeach."

Ach ged tha so uile fìor, is eigin aideachadh an uair a rannsuicheas sinn ar Canain, ar Sean-fhocail, ar Bardachd, agus eadhon ar n-Eachdraidh, nach faigh sinn ar Cinneadh a' toirt dearbhadh cho laidir air an gradh d' an Duthaich, 's a dh' earbamaid á Daoine a' nochd, air cho liutha doigh, speis cho mor agus gradh cho teth d' an Daoine 's d' an Dachaidh. Tha e comharraichte nach 'eil focal againn 's a Ghaidhlig a fhreagras do'n fhocal Bheurla <eng>patriotism,<gai> 's do na focail a tha 'n daimh ris. Their sin "Duthchas" ris a' cheangal tha eadar Duine 's Aithrichean; agus cha 'n ann ris a' cheangal tha eadar Duine 's a Dhuthaich. A ris, cha chleachd sinn "Tìreachas" anns an t-seadh so, ged tha 'm Foclair 'g a eadar-theangachadh le <eng>patriotism.<gai> Agus their sinn "Tìorail," no, mar shaoileas mi bu choir a radh, "Tìreil," ri blaths, tearuinteachd o ghaoith 's o uisge; ag eirigh, tha mi meas, o'n fhein-fhiosrachadh chruaidh a bh' aig ar Daoine air cunnairt Mara 's Monaidh; mar tha gun teagamh "Tìr" fein a' ciallachadh, cha 'n e Duthaich, ach Fearann, eadar-dhealaichte o Fhairge. Their eadh na Sean Daoine "Cha 'n 'eil Duthchas aig Mnaoi no aig Sagart;" agus feudaidh e bhi gur e 's ciall do'n radh, gu'm b'e Duthaich na Mnà Duthaich a Fir, agus gu'm b'e Duthaich an t-Sagairt Duthaich na h-Eaglais-an Saoghal, no "Duthaich is fearr, eadhon Duthaich neamhaidh." Ach 'e e mo bharail gur e fìor sheadh an t-Sean-fhocail, gu'm b'e dleasdanas na Mnà a Daoine 's a Dachaidh a threigsinn airson Daoine 's Dachaidh a Fir, agus gu'm b'e dleasdanas an t-Sagart an Saoghal a chur air chùl, a chum e fein a thoirt suas d'a dhreuchd, ge b'e cearn d'an rachadh a ghairm. Tha e gun teagamh fìor gu bheil ar Canain easbhuidheach anns na focail a tha cur an ceill ceangal Dhaoine ri'n Duthaich; agus 's e mo bheachd far nach faighear am Focal gur ann ainmig a gheibhear an Smuain.

Is co-ionann sgeul do na Sean-fhocail. Tha aon, gun teagamh, a' teagasg an atharraich, ach cha chluinnear ach ainmig e, "Cumhachd do charaid, agus Traillealachd do namhaid, a Dhuthcha." Cha 'n 'eil an radh a ghabh sinn mar steigh fathast sean, ged tha e siubhlach. Cha 'n fhaighear e am measg nan Sean-fhocal a chlo-bhualadh 's a' bhliadhna 1785. Anns an Roimh-radh do shaothair Oisein a sgrìobh Eobhan Mac-Lachainn gheibhear "Tìr nam Beann, nan Gleann, 's nam Breacan;" agus tha mi meas gur ann o'n chainnt so a dh' eirich "Tìr nam Beann, nan Gleann, 's nan Gaisgeach." 'S e theirteadh o shean "Cnuic, 'us Uisg', 'us Ailpeinich;" agus na'm fuilingeadh Sliochd Ailpein dhuinn "Albannaich" a radh an àite "Ailpeinich," theirinn gu'm b'e 'n sean fhocal a bu fhreagarraiche na 'm fear ùr. Ach cha 'n 'eil teagamh nach e 's brìgh do'n radh so aosdachd Chlann-Ailpein, agus cha 'n e ceangal nan Gaidheal ri'n Duthaich. 'S ionann teagasg do'n t-sean rann;

"Cinnidh Scuit saor am fine,
Mur breug am faistine;
Far am faighear an Lia-fail,
Dlighe flaitheas do ghabhail."

Agus cìod is ciall do'n radh sin a chithear air gach clar, 's a chluinnear anns gach coinneamh Ghaidhealach, "Clanna nan Gaidheal an guailibh a cheile," ach so, earail do na fineachan Gaidhealach an

sean naimhdeas 's an eas-aonachd a chur a thaobh, 's a cheile sheasamh mar aon Sluagh ri aghaidh sluaigh, agus cha 'n ann mar Luchd-duthcha air-son còir an Duthcha; cha 'n e "Albainn" no "Gaidhealtachd," ach "Clann nan Gaidheal." Cha chualas riamh an earail so cho caithreamach 's a chluinnear i 'n ar latha fein. Is fuaim thaitneach i gun teagamh do'n chluais agus do'n chridhe. Ach gheibhear aobhar broin 's a ghairdeachas; oir cha 'n urrainnear a dhi-chuimhneachadh cho feumail a tha 'n earail, agus cho liutha uair 's a bha "Clanna nan Gaidheal," cha 'n ann an guailibh ach an amhaichean a cheile.

Cha 'n fhaighear dearbhadh is laidire air gradh Sluaigh d'an Duthaich na gheibhear 'n am Bardachd. Gheibh sinn Bardachd cuid de Rioghachdan air a lionadh le spiorad gaisgeil, eudmhor airson urram an Duthcha os cionn cuid eile; agus gheibh sinn an rian so ann am Bardachd na h-aon Duthcha na's comharraichte an aon linn, na gheibhear e an linn eile. Is comharradh soilleir an comhnuidh a' Bhardachd air a' mheas a bha aig Luchd-aiteachaidh na Tìre air an Duthaich; oir anns a cheum so gu sonruichte feudar a radh gur iad na Baird teagadh an t-Sluaigh. A réir mo bheachd cha 'n 'eil faireachduin cho luachmhor do Shluaigh ri cliu an Duthcha; agus cha 'n 'eil seol air an faireachduin a neartachadh cho comasach ri saothair nam Bard. Is sona an Sluagh a tha air am brosnachadh le fuinn am Bard fein gu bhi seasamh cliu an Duthcha anns gach àm 's anns gach àite. Is an-aobhinn do na Daoine agus do'n Tir anns nach do sheinn Bard mu dhleasdanas agus mu luach Gradh-duthcha. Ciod an teagasg a gheibh sinn o na Baird Ghaidhealach air a' phuinc so? Leugh thairis saothair nam Bard is ainmeile tha againn, agus feoraich dhiot fein cia meud d'an rann a tha comasach air smuaintean cothromach a ghintinn 'n a d' inntinn mu thimchioll do Dhuthcha agus do dhleasdanas d'i. A mach o Oisein, agus ma dh' fhaodte os cionn Oisein, 's e Donnachadh Bàn Mac-an-t-Saoir agus Mac Mhaighstir Alastair is mò a fhuair de bhuidh thairis air inntinneam ar Luchd-duthcha a sheinn an Gaidhlig. Cluinnear neach aig a' bheil cliu a Dhuthcha dlù d' a chridhe, ag aideachadh gu'n deachaidh an faireachduin luachmhor sin altrum no neartachadh le òrain nam Bard so. Gheibh sinn gun teagamh, am measg moran de ranntachd gun toinisd, greadhnachas 'us aillidheachd na Tìre air an cur an ceill am Bardachd oirdheirc. Gheibh sinn ar Canain, ar Ceol, 's ar Cleachduin air am moladh airson buaidhean a tha dligheach dhoibh, agus airson iomadh buaidh nach 'eil. Ach c' aite a' bheil e air a

[TD 70]

[Vol. 12. No. 9. p. 6]

sparradh oirnn gur e ar dleasdanas, agus gu'm bu choir gu'm b'e ar miann, cliu ar Duthcha a bhi luachmhor 'n ar suilean do bhrìgh 's gur i ar Duthaich i; 's ar Canain, ar Ceol, 's ar deagh Chleachduin altrum do bhrìgh 's gur iad dileab ar n-Aithrichean dhuinn?

Agus ma thiunnas sinn o bhardachd gu eachdraidh nan daoine so, ciod an dearbhadh a gheibh sinn air a' chumhachd a bha aig Gradh-duthcha

thairis air am beachdan no air an gluasad? Cha robh, o chionn mìle bliadhna, àm an Eachdraidh na Gaidhealtachd anns an robh a leithid do chothrom aig Bard air a ghradh d'a Dhuthaich 's d'a Chinneadh a dhearbhadh, ris an àm anns an do shaothraich an dithis dhaoine so. Ach ciod am feum a rinn iad do'n chothrom? Tha Donnachadh Ban a' cogadh leis na Deorsachan; ach tha a chridhe leis na Stiubhartaich. Thainig aimsir an dearbhaidh, anns an robh daoine an 'n da-rireadh ma bha iad riamh ann; ach ciod e gluasad Dhonnachaidh? Chaidh e do'n arm dhearg airson duais. Aig an Eaglais-bhric theich e, 's chaill e 'chlaidheamh; b' eigin a' choire chur air a' chlaidheamh. 'S ann le toil-inntinn a dh' innseas e gu'n do chaill a thaobh fein an latha:

“Bha ratreut air luchd na Beurla,
'S ann doibh fein a b' eigin teicheadh.”

Gun teagamh cha robh Donnachadh Bàn ach òg 's an àm so; ach c'aite am faighear 'n a bheatha fhada, no 'n a iomadh rann, dearbhadh air gaol dealasach, durachdach, teth a' Bhaire d'a Dhuthaich no do fhior leas a Dhuthcha?

Bu duine eile Mac Mhaighstir Alastair. Duine smisneachail, treun, 'n a chorp, 's 'n a inntinn; agus fìor Bhard. Duine a thug suas uile chridhe, uile neart, agus uile inntinn do Thearlach Stiubhart, co-dhiu rè tamuill. Duine a thoillean urram agus meas airson nam feartan cuirp agus inntinn a bhuilicheadh air; agus, ann an tomhas co-dhiu, airson na buil gus an do chuir e iad. Ach cha b'e aobhar a Dhuthcha a dhuigs misneach an t-Saighdeir, no 'las anam a' Bhaire.

“Leanaidh mi cho dlu ri d' shailtean,
'S a ni bairneach ri sgeir-mhara.”

'S e sailtean Thearlaich, 's cha b'e sailtean Albainn a leanadh am Bard cho dlù. Dhuine do-thuigsinn air iomadh doigh; le buaidhean nach buineadh do mhoran-suil gheur, cluas cheolmhor, cuimhne laidir, eolas farsuing; ach le aignidhean borb; 's le nadur cho salach ris na ronnan tombaca a bha 'n comhnuidh a' sruthadh o bheul. Seinnidh e duanag cho binn 's a chaidh a sheinn riamh an Gaidhlig; ann am maise 'Chruthachaidh gheibh e toilinntinn nach fairich neach ach am Bard a mhain; cluinnear “Fuaim 'us farum a' bhlaire” anns gach sreath de “Mholadh an Leoghainn:” ach ciod e dheth sin? Ma thig an neach is diblidh no is suaraiche tarsuinn air, fagar maise na Banaraich; cha 'n 'eil sùil air aillidheachd Allt-an-t-Siucair; theid eadhon aobhar Thearlaich Stiubhart a chur a thaobh; airson gach neimh, 'us puinnsean, 'us sailche, a thilgeadh air an deoraidh through a ghabh de dhanachd air fein a shuil a thogail, an uair a bha 'choimlisg iongantach so de Chlann Domhnuill “a' gabhail an rathaid mhoir, olc air mhaith le cach e.”

Agus ma 's e so cliu nan crann ùra, ciod a theirear mu'n chrionaich? 'S e mo bheachd gu'm feudar a radh nach dearbh a' Bhardachd Ghaidhealach, seachad air Bardachd Oisein, gur pobull sinne aig an robh mor ghradh d'ar Duthaich, anns an t-seadh is airde 's is freagarraiche airson cliu Sluaigh a sheasamh fa chomhair an t-saoghail. Agus ciod e teagasg ar n-Eachdraidh? Tha dà aimsir gu

sonruichte 'n ar n-Eachdraidh, ris an seall sinn air ais le h-uaille, mar dhearbhadh air ar treuntas 's air ar n-aonachd;—'s e sin mar a sheas ar n-Aithrichean cho gaisgeil an aghaidh nan Romanach, agus, iomadh ceud bliadhna 'n a dheigh sin, air taobh nan Stiubhartach. Choisinn ar Sinnsirean cliu maireannach d' ar Cinneadh airson misnich, gaisge, 's dilseachd anns na h-àmanna sin; agus rinn Seanachaidhean 'us Baird, Ghallda 'us Ghaidhealach, lan cheartas d'ar sluagh anns na cuisean sin. Ach cha mhor de chuig-ceud-deug bliadhna a tha 'n dà aimsir sin a' comhdach; agus nach 'eil e fìor gur ann roinnte 's nach ann aonte 'bu trice bha na Gaidheil re a chorr d'ar n-Eachdraidh? Agus eadhon am measg nam Fineachan a dh' eirich le Tearlach Stiubhart, nach faigh sinn, taobh ri gaisge air nach d' thugadh barr, 's ri dilseachd nach facas a samhuil, iomadh comharra "air a' pheacadh a bha gu furasda 'g iadhadh mu'r sluagh,"— eas-aonachd? Nach b' e riamh cleachduin nan Gaidheil a h-uile fear a bhi deanamh dha fein? Agus is mor mo churam nach do rainig sinn fathasd mar shluagh air an fhirinn, gur ann air bunait na h-Aonachd a mhain a thogar aitreibh na Morachd. Gu deimhinn bu tigh roinnte 'n a aghaidh fein tigh a' Ghaidheil an Albainn; agus cha 'n e 'n t-aobhar ioghnaidh gu'n do thuit e, ach gu'n d' fhan e cho fada 'n a sheasamh.

"Cluinneamaid brìgh na chaidh a radh uile." Thug na Gaidheil dearbhadh laidir re an Eachdraidh air an speis d'an Daoine fein 's d' an Dachaidh fein; agus 'n ar latha-ne chi sinn iomadh comharra soilleir air an speis d'an Duthaich 's d' an Cinneadh. Ach o chionn mìle bliadhna cha 'n fhaigh sinn Gradh-duthcha air a nochdadh am measg ar Daoine, mar a chithear anns na Rioghachdan a ghleidh aite-toisich an Eachdraidh an t-saoghail. Feudaidh e bhi gu'm b' e ar Crannchur a shonruich ar Cleachduin anns a cheum so; feudaidh e bhi gu'm b' e ar Cleachduin a shonruich ar Crannchur. Tha e fìor gu'n d' thug ar Sinnsearachd dearbhadh air Misneach 'us Dilseachd airidh air inbhe a b' airde na shealbhaich iad. Ach bha'n Dilseachd an comhnuidh do Dhaoine, 's cha b' ann do Chuis; d'an Dachaidh, 's cha b' ann d'an Duthaich. Cha d' eirich iad 'n an iarrruis os cionn Cuis 'us Coir am Fine fein. Chaill iad mar so an aon smuain is luachmhoire 's is cumhachdaiche air thalamh air son cliu Sluaigh ardachadh,—'s e sin beachd cothromach air an dleasdanas d' an Duthaich fein mar an Duthaich, agus d'an Sluagh fein mar an Sluagh. Is tric a b' e aobhar a' Chinn-chinnidh euceart, foirneart air Fine eile; agus ged bhiodh 'aobhar ceart cha bhiodh e buan, oir,

"Mar reul ruiteach re an laoiach,
Is gearr ge h-aoibhinn a' dhearrsadh;"

ach tha aobhar do Dhuthcha ceart an comhnuidh, agus tha 'cliu, o linn gu linn, 'n a dhleasdanas soluimte do'n Luchd-aiteachaidh.

Ann an eachdraidh an t-Saoghail tha e fìor nach e neart no misneach a mhain a choisneas cliu maireannach do Shluagh, ach beachd cudthromach air an dleasdanas d' an Duthaich agus aonachd 'us eud airson a cliu a chur am farsuingeachd. Ciod eile rinn Duthaich bheag na Gréig 'n a Ceann-iuil do'n t-sean Shaoghal, 's na h-eisimpleir do na Rioghachdan gus an là diugh? Chiosnaich na Romanaich an Saoghal,

ach ciamar? Leis gach Romanach ionnsachadh o oige gu bhi cumail suas cliu a Dhuthcha anns gach ceum d'a bheatha agus leis an leasan a' sparradh cho teann, 's nach robh Romanach, re an Eachdraidh urramaich, a muigh no aig baile, cia air bith a dhreuchd no inbhe, nach robh air a lionadh le eud air son a Dhuthcha 's a Shluaigh. Ciod a thug comas do Rioghachd bheag Albainn dùlan a thoirt re iomadh ceud bliadhna do fheachd cumhachdach Shasuinn, 's a Coir 's a Creidimh a ghleidheadh saor; ciod, ach beachd cudthromach an t-Sluaigh air an dleasdanas sholuimte a chuireadh orra mar Rioghachd na sochairean luachmhor a fhuair iad o'n Aithrichean a thiodhlacadh d'an Cloinn? Ciod a dh' ardaich cliu Shasuinn am measg nan Rioghachdan? Tha gun teagamh an Tìr torach, 's tha cothrom na mara aice; ach ciod e 'm feart a ghlac an cothrom, 's a dh' uisnich cho maith e. Gheibh thu an fhreagairt am beul Nelson aig Trafalgar: "'Se earbsa Shasuinn gu'n dean gach fear a dhleasdanas."

Anns a cheum so bha teagasg nan Gaidheal easbhuidheach. A mach o Oisein, cha'n 'eil Bard Gaidhealach againn aig an robh beachd dligheach air dleasdanas Dhaoine d'an Duthaich. Cha robh Bard againn ach esan a sheall air ais, mu'n cuairt d'a, 's air thoiseach air; 's a theagaisg nach b'e crìoch do dhleasdanas, mar Ghaidheal, an Saoghal a ghabhail mu d' cheann, 's d' fhortan a dheanadh, ach gu'n robh fiachan trom agad ri dhioladh do d' ghinealach fein, do na ginealaich a chaidh thairis, 's dhoibhsan a thig a'd dheigh:

"Cia as tha sruthan na bha ann?
C'uin a thaomas an t-àm tha falbh?
C'ait' an ceil aimsir a da cheann?
An ceathach tha mall, 's nach gann,
A taobh ballach le gnìomh nan seod."

O chionn iomadh ceud bliadhna tha 'n Gaidheal, mar gu'm b' ann, a' dol roimh 'n t-Saoghal an coinneamh a chùil. Tha e tighinn beo air an àm a dh' fhalbh; mar bha Mac Cruimein, 'n a aois 's 'n a laige, cluich air a' bhata nam port a chluich e, 'n a oige 's 'n a threise, air a phiob. Ach cha bheathaichear cliu Sluaigh air an lòn so an comhnuidh. Ma's e 'n giomach e, ged tha shuilean eadar a dhà spòig, cha 'n 'eil iad a' ghnath 'n a dheigh. "Cuimhnich air na Daoine o'n d' thainig thu,"—ro cheart agus ro fhreagarrach; ach cho ceart agus cho feumail, "Cuimhnich air an daoine a thig ad dheigh." Is ann a mhain an uair a gheibh thu greim teann air smuain Oisein, 's a sheallas tu ort fein mar aon de na tinneachan tha deanamh suas Slabhraidh Eachdraidh do Shluaigh, a dh' fhairicheas tu gur e do phrìomh dhleasdanas do bheatha orduchadh, air dhoigh 's nach bi coimhliontachd na Slabhraidh air a bhriseadh, no a neart air a lagachadh le do dheanadas—sa. Bheir an smuain maise agus morachd do d' ghluasaid;—cuiridh i misneach 's a' Ghealtair; ni i Treubhach de'n Troich. Cha'n 'eil 's a' Ghaidhlig ainm againn airson a leithid so de dhuine; agus is duilich nach 'eil. 'S an àm a dh' fhalbh, cha'n amhairceadh ar n-Aithrichean fada an aghaidh spreidh a' Ghoill iomain do na beanntan; ach cha ghoidheadh iad facal d'a chainnt. Thug an ginealach a chaidh thairis <eng>Patron<gai> thar Galldachd, ach dh' fhag iad <eng>Patriot<gai> a muigh. Nach faod sinn gun toibheum, a radh; "Bu choir dhoibh sud a dheanamh, agus gun so

fhagail gun deanamh." Tha mi meas gu'm buidhneadh ar Sluagh ann an cliu, barrachd na chailleadh ar Canain ann am maise, na 'n abairteadh á so suas, "Tir nam Beann, nan Gleann, 's nam <eng>Patriot."<gai>

D. M'K.

Tha beatha an duine air a roinn 'na tri earrannan, agus is iad sin, an earrann a bha, an earrann a tha, agus an earrann a bhitheas. Bu choir dhuinn a bhi air ar teagasg leis an am a chaidh seachad, buannachd fhaotainn o'n am a ta lathair, agus gu bhi 'g ar giulan fein ni 's fearr air son an ama ri teachd.

Tha an neach sin a tha an comhnuidh fo dheagh mhisnich a' cleachdadh leighis, a bhios chum slainte, an da chuid, do 'n chorp agus do 'n anam.

[TD 71]

[Vol. 12. No. 9. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prisean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>
FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>
CORPAICHTH 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTH 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.
<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air
adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
ann anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh
3%'sa bhliadhna.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

[Dealbh]
A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE
dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla

Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.

M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

Iadsan a Phaigh.

Iain Camaran, <eng>Grand River<gai>

Alasdair N. Domhnullach, Port Morien

Niall Mac Amhlaidh, Port Morien

Iain Mac Gillfhinnein Port Morien

I. I. Domhnullach, <eng>Huntington<gai>

Fionnladh Mac Citheagain, <eng>Reserve Mines<gai>

V. Beuton, <eng>Amaguadas Pond<gai>

Iain Dillon, an t-Eilein Cruinn

Iain Mac Rath, an Abhainn Mheadhonach

Anna Chaimbeal, Ceap Nor

Iain Mac-Fhionnghain, am Pòn Mor

Vincent Mac-an-t-Saoir, am Pòn Mor

Micheal Mac Fhionnghain, <eng>Glace Bay<gai>

A. D. Mac Cuthais, <eng>Salem Road<gai>

Bean Alasdair Mhic-Rath, Sidni

Iain Gillios, Sidni

Domhnull I Moireasdan, Sidni

Colla Domhnullach, Sidni

M. H. Mac-Neill, Sidni

D. M. Mac-Mhuirich, Sidni

Bean C. Mhic-an-Toisich, <eng>Malagawatch.<gai>

Uisdean C. Mac-Aoidh, <eng>Malagawatch.<gai>

Calum Domhnullach, Tairbeart, St. Anns

Iain Mac Gillemhaoil, Sidni Mines

Iain M. Rothach, <eng>Canoe Lake<gai>

Iain Moireasdan, <eng>Lakevale<gai>

Ruairidh Moireasdan, Cobh a Gheòidh

Iain Mac Leoid, Sidni Tuath

Domhnull I Mac Gilleain, <eng>New Aberdeen<gai>

D. R. Domhnullach, Acarsaid Bharrachois

Domhnull M. Mac Neill, Eilein Christmas

Calum Mac-Gille-Ghuirm, <eng>Valley Mills<gai>

Ceit C. Dhomhnullach, <eng>Grant, South Cove<gai>
A. D. Mac Leoid, Baile-Shearlot, E. P. I.
An t-Urr. E. Domhnullach, <eng>Stanley, E. P. I.<gai>
Aonghas Sutharlan, <eng>Elmsfield, N. S<gai>
Domhnull Mac-a-Ghobha, <eng>Duntroon, Ont.<gai>
Sìne Bhellairs, <eng>Springbank, Ont.<gai>
Mairearad Ghunn, <eng>Dieux Rivieres, Ont.<gai>
Uisdean Mac-Colla, <eng>Strathroy, Ont.<gai>
Am Brathair Ananias, <eng>San Francisco, Cala<gai>
Bean Eachuinn Dhughallaich, <eng>Exeter, N. H<gai>
Uilleam Mac-Dhaibhidh, <eng>Pacific Grove, Cal<gai>
Murchadh Gillios, <eng>Quincy, Mass.<gai>

Ma dh' itheas tu teanga na caora, bidh tu 'mèilich ri d' bheò.

Millidh smugaid cuideachd.

'S e do bheatha fuireach, ach 's e do bhuidheann falbh; chi thu dorus do thighe fhéin bho dhorus mo thighe-sa.

Taillear a' ghogan ime, 's figheadair na fuaraig.

Gabh an latha math as a thoiseach.

AISEIRIGH NA GAIDHEALTACHD.

LEIS AN URR. D. B. BLAR, D.D.

"Togaidh na Gaidheil an ceann,
Cha bhi iad am fang na 's mò,"
Rùisgte fo chasaibh luchd sannt,
Na'n truaghanaibh fann gun treòir;
Bidh daoine a siubhal nam beann,
Air srathaibh nan gleann gu leòir;
Chithear ann mnathan is clann
A mireadh le dannsa 's ceòl.

Teichidh na caoirich 's na féidh
Nuair chluinneas iad éibh an t-sluaigh,
Ruithidh 's cha seall iad na 'n déidh
'S iad uile gu léir na 'n ruaig;
Theid ciobairean mora nan treud
Nam breislich a spleuchdadh suas;
'S forsairean luinnseach, gun fheum,
Na 'n deannaibh a leum nan cruach.

Tha fearann fada na 'thàmh
Gun duine gu àiteach ann;
Chuireadh an sluagh as an àit
Air fògradh thar sàile thall;
Tha caoirich mhaol-cheannach bhàn
Air srathaibh is àird nam beann,

Is uain a mireadh 's a leum
Mu 'n tulaich 's am b' éibhinn clann.

Far an robh soisgeul nan gràs
Ga 'sheirm ann an càirdeas dhuinn,
Pobull a tional gach tràth
Air laithibh na Sàbaid cruinn,
Cha chluinnear ach langanaich fhiadh
A bùirich air sliabh 's air beinn,
'S comhartaich chon air an leirg
'San àit an robh sailm ga 'n seinn.

Theid cuibhlean Freasdail mu 'n cuairt.
Bidh 'n taobh a tha 'n uachdar shios,
Is éiridh an t-ìochdar 'suas
Le ceartas bith-bhuan an Triath
Togar na làraichean aosd',
Na h-ionadan sgaoilt o chian,
Bailtean tha fàsail is faoin
'S tha nise làn fraoich is ian.

Càirdean nan Gàidheal le fonn
Tha nis air am bonn 's gach àit,
Cothrom gu fhaotainn do 'n t-sluagh
An deas agus tuath gun dàil,
Le rùn gun aisigear dhaibh
Am fearann a chaill iad fein
Nuair dh' fhògradh mach iad gun taing
Le h-ain-ìochd is ainneart geur.

Theid Clanna nan Gaidheal gu léir
An guailibh a chéile cruinn,
Mar anns na làithibh o chéin
Rinn Calgach an treun, 's na suinn
A chog ri Aighriochol garg
'S ri cumhachd armailt na Ròimh
Le còmhrag fuileachdach searbh
Aig slios a Gharbh-mhonaidh mhòir.

Gaidheil America thall
'S a chlann a thàinig na 'n déidh,
Cuidichidh leotha san àm,
Mar chairidibh nach meall 's nach tréig;
Togaidh so 'm misneach o'n làr,
Is ni iad co-spàirn le chéil',
A chum gum faigh iad air ais
Gach coir a bha aca bho chéin.

Slan gu robh Gladstone an àigh
A's caraid a ghnàth do 'n Tuath,
An t-usal ainmeil thug bàrr
Le ghliocas ro àrd gun uaill;
Deonaicheadh Freasdal nan gràs
Mor aois dha le slàinte bhuan,

Gu ceartas fhaotainn do chàch
Le reachd na Pàrlamaid nuaidh.

Ceud fàilt! air gaisgeach nam buadh
An inbhear nan stuadh aig Neis,
A thionnsgail Sgeuladair nuadh;
Ar dùrachd-ne buaidh bhi leis
Na oidhirp a chobhair an t-sluaigh
An aghaidh nan uaibhreach borb,
A chreach iad le foireigin chruaidh
Gun chàirdeas, gun truas nam bolg.

'S le Dia an talamh 's a làn
Is chuir e sliochd Adhaimh ann,
Dh' ullaich e 'n Cruinne so dhoibh
Mar oighreachd dhiongail nach gann;
Cha d' aithn e 'chur fo na féidh,
No fhagail aig spréidh is eòin;
Ach chuir e gach ni fo 'n ghréin
Fo riaghladh sliochd Eubh' le còir.

Co a thug comas na truaigh'
Do dhaoineibh tha uasal àrd
Fearann a thabhairt o'n t-sluaigh,
'S am fògradh thar chuan gun bhàigh?
Nach b' fhearr bhi faicinn nan gleann
Lan bhan, agus clann ra 'n làimh,
Na brùidean fiadhaich gun chéill
A siubhal an t-sléibh le 'n àl?

RUAIG NAN TIGHEARNAN.

LEIS AN URR. D. B. BLAR, D.D.

An cuala sibh an nis an sgeul,
Haoi! Ho! na tighearnan!
Theich na creachadairean geur,
Haoi! Ho! na tighearnan!
Dh' fhalbh na Forsairean 's na féidh,
Theid na caoraich as an déidh,
Gheibh an sluagh am fearann réidh,
Bidh iad éibhinn, cridheil ann.

Sud na fir a rinn an call,
Haoi! Ho! na tighearnan!
Chreach iad daoine bochda, fann,
Haoi! Ho! na tighearnan!
Chlaoidh iad mnathan agus clann,
Loisg na tighean os an ceann,
Ged bhiodh sneachda 's reodhadh teann,
A cur greann is crith orra.

[TD 72]

[Vol. 12. No. 9. p. 8]

Sud na daoine bha gun truas,
Haoi! Ho! na tighearnan!
Bha neo-bhàigheil ris an tuath,
Haoi! Ho! na tighearnan!
Chaidh am màl a thogail suas,
Thàinig bochduinn agus truaigh,
Dh' fhàg sin tana, glas, an gruaidh,
Cha robh snuagh sam bith orra.

Leis an ainneart fhuair iad còir,
Haoi! Ho! na tighearnan!
Air an oighreachd nach bu leò,
Haoi! Ho! na tighearnan!
Tha iad sanntach air an òr,
Ghlac iad fearann pailt gu leò;
Dh' fhuadaich iad gach duine beò,
Sean is òg mar chitheadh iad.

Ann an Cataobh dubh gun tuar,
Haoi! Ho! na tighearnan!
Rinneadh obair a bha cruaidh,
Haoi! Ho! na tighearnan!
Cha robh iochd ann ris an t-sluagh,
Ach am fògradh thar a chuain,
Gus an coilltibh farsuinn, buan,
An ceann tuath America.

TRIALIALL NAN CROITEARAN.

LEIS AN URR. D. B. BLAR, D. D.

Gabhaidh sinne 'n rathad mór,
Gabhaidh sinne 'n rathad mór,
Gabhaidh sinne 'n rathad mór,
Olc air mhath le càch e.

Olc air mhath le bodaich bhaoth,
Bhios ag earbsa as am maoin,
Le 'n cuid threudan air gach raon,
Caoraich mhaola, bhàna.

Chaidh gach gleann is ailean réidh,
Chur fo mheanbh chrodh agus spréidh,
No mar àros aig na féidh,
Air na sléibhtibh àrda.

Shaltair iad fo 'n cois gun truas,
Daoine bochda, falamh, truagh,
Agus dh' fhògair iad an sluagh

Le 'n lagh cruaidh, neo-bhàigheil.

Cha robh cùisean mar so riamh
Aig ar n-athraichibh o chian,
Nuair a b' àbhaist daibh bin triall
Feadh nan sliabh 's nam fàsach.

'S bochd ri aithris e gu fìor,
Thàinig caochladh air an tìr,
Cha 'n fheil òigridh loinneil, ghrinn
Anns na glinn mar b' àbhaist.

Ach thig leasachadh gu luath,
Theid a chuibhle chur mu 'n cuairt,
Nithear ceartas ris an t-sluagh,
'S gheibh na h-uaibhrich bàirlinn.

Nuair theid Gladstone air an stiùir
Anns an riaghladh mar cheann-iùil,
Toisichidh gach ni as ùr,
Is cha bhi chùis mar bhà i.

TUIREADH

nìghinn air son a leannain ann an tìr Phictou.

LEIS AN URR. D. B. BLAR, D. D.

LUINNEAG.

Thug mi gaol, gaol, gaol,
Thug mi gaol do 'n fhear bhàn,
Thug mi luaidh dhuit a ghaoil,
'Och cha 'n fhaod mi bhi slàn.

Och is mise tha fo leòn!
'S mi na m' ònar an tràth s';
'S cruaidh leam aobhar mo bhròin,
Fhuair mo Dhònallach bàs!

Shiubhlainn leat air feadh an t-saogh'l
'S luchd mo ghaoil air mo chùl;
Nam biodh tusa ri mo thaobh
Bhithinn aotrom fo shunnd.

Shiubhlainn leat air muir is tìr,
Feadh nan Innseachan thall;
Nam biodh tusa na mo chòir
Cha bhiodh leòn orm no call.

Ach a nis bho 'n chaidh tu eug
Bidh mi deurach do ghnàth;
Och! is trom air an fheur
Bhios mo cheum h-uile là.

Ged a sheasas mi aig t' uaigh,
'S brònach truagh leam an t-àit;
Cha bhi choinneamh ud ach cruaidh,
'S tus' am fuar-ghlaic a' bhàis.

A nionaga nan leadan donn,
Feadh nan tom so tha tàmh,
Deanaibh maille rium co-bhròn,
Oir cha bheò fear mo ghràidh.

O! nach gabh sibh riumsa truas,
'S mi gu truagh air mo chlaoidh,
Cosmhuil ris a chaillich-oidhch',
Feadh na coilltean a caoidh.

A nigheana na Beinne Guirm,
Cha chuis-fharmaid mi féin,
Bho 'n nach faic sibh fear mo ghaoil,
Ri mo thaobh air an fhéill.

Nuair a bhios mi ann am shuain,
Bidh mi bruadar gun tàmh
Air an òganach shuairc,
Bha na b' uaisle na càch.

Chuir mi umam culaidh bhròin,
Ged bu neònach an gnàth;
'S tha mi cianail gu leòr
Ged nach eòl sin do chàch.

Tha mi fàsgadh nan dòrn,
Air mo leòn 's air mo chràdh,
Bho 'n nach d' fhuair mi bhi pòsda
Ri òigear mo ghràidh.

MAIRI LURACH.

LEIS AN URR. D. B. BLAR, D.D.

LUINNEAG.

Hó! mo Mhàiri lurach,
'S tu mo Mhàiri ghrinn,
Hó! mo Mhàiri lurach,
'S tu mo Mhàiri bhinn,
Hó! mo Mhàiri lurach,
'S tu mo Mhàiri ghrinn;
Mhàiri bhoidheach laghach,
'S tu mo roghainn fhìn.

Nuair a théid mi dh' fhuireach
Anns a choille mhoir,
Bidh mi aoibhneach, subhach,

Aighearach gu leoir,
Ma bhios Mairi mar-riam
Teichidh gal is bròn;
Cha bhi 'n aimsir fada
'Gabhail thairis oirnn.

O! thig leam do 'n fhàsach,
Fàg do mhuintir féin;
Tir do bhreith is t' àraich,
Fàg sin air do dhéidh.
Ged a bhiodh o cruaidh leat
Sgaradh uath gu léir,
Na cuireadh e ort smuaisean
Dol thar chuan leam féin.

Thig air falbh gun dàil leam,
Fag do mhàthair chaomh,
Do phiuthar is do bhràthair,
T' uile chàirdean gaoil;
Is thig leamsa thairis
Dh' Ameirig nan craobh,
Tir ro ghreadhnach fharsuinn,
Ged nach faicear fraoch.

'S truagh nach robh thu, Mhairi,
Leam 'san fhàsach thall,
Feadh nan coilltean dlùth 's an
Dùthaich tha gun cheann.
Cha bhiodh bròn no airsneal
Orm, no fadal ann;
Nam biodh tusa làmh-riam
Bhithinn slàn gach àm.

Ach mar déid thu leam-sa,
Bidh mi tùrsach trom;
Cha bhi gean no sunnd orm,
Bidh mi ciurrt' am chom;
'Chaidh cha seinn mi òran,
Luinneag, ceòl, no fonn.
Ni do ghaol ro shearbh mi
Mur a falbh thu leam.

Iona, July 29, 1851.

<eng>The Canadian Bank of Commerce<gai>
RIS AM BHEIL AIR AONADH
<eng>THE HALIFAX BANKING COMPANY.<gai>

Earras Paidhte \$8,700,000
Airgiod Taimh 3,000,000

ARD OFIS, TORONTO.

AN T-ONORACH DEORSA A. COX,
Ceann-Suidhe.

<eng>B. E. WALKER,<gai>
Ard Mhanager.

Ofis an LUNNAINN (Sasunn) aig 60 <eng>Lombard St., E. C.
S. CAMERON ALEXANDER, Manager<gai>

Ofis an NEW YORK aig 16 <eng>Exchange Place,
WM. GRAY agus H. B. WALKER, Agents.<gai>

Tha ceud is ceithir meur dhe'n Bhanca so air feadh Chanada is nan
Staidean Aonaichte, am measg am bheil an àireamh a leanas anns na
Roinnean Iochdrach.

<eng>HALIFAX, H. N. Wallace, Manager.
Amherst Antigonish Barrington
Bridgewater Canning Lockeport
Lunenburg Middleton New Glasgow
Parrsboro Sackville St. John
Shelburne Springhill Sydney
Truro Windsor<gai>

Gach seorsa gnothuch banca.
Ceannaichear is reicear airgid is notaichean Breatunnach.
Gheibhear Litrichean Creideas de 'm faodar feum a dheanamh ann an
cearna sam bith dhe 'n t-saoghal.

BANCA CAOMHNAIDH.
Tha Banca Caomhnaidh a nise fosgailt aig gach meur dhe 'n bhanca.
Gabhar suim sam bith air riadh, eadhon suim cho beag ri aon dolar.

Meur ann an Sidni.
<eng>P. C. STEVENSON, Manager.<gai>

ANNS AN STOR UR
LE STOC MOR DE DH
Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula
ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE
air Sraid Shearlot.
<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

[Dealbh]

Bidh fìor chomhfhurtachd agad 'nad dhachaidh nuair a bhios gach
airneis us grinneas air a thaghadh le rian agus tuigse. Agus 's e 'n
ceud ni is coir aire fhaotainn am brat-ùrlair a theid air na
seomraichean. Gheibh thu againne
Brat-ùrlair is Airneis
dhe na seorsachan a's fhearr, agus gach ni eile air an cuir thu feum
air son breaghachd do thaighe.

Cuir a dh' iarraidh Leabhrair anns am bheil gach ni a tha sinn a creic air ainmeachadh. Paighidh sinn faradh do chearna sam bith de Cheap Breatunn.

<eng>Gordon & Keith, A. T. GRANT, Manager.<gai>

SYDNEY & LOUISBURG R'Y.<gai>

TIM CHLAR.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh' Iun, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 7.59 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.35 a. m.

A fagail Shidni aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 9.43 a. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 10.35 a. m.

A fagail Louisburg aig 5.30 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 6.21 p. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 7.00 p. m.

A fagail Shidni aig 8.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 9.30 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

Mac-Talla.

Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.

Bliadhna, \$1.00

Tri Miosan, .30

Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd-gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu

<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 73]

[Vol. 12. No. 10. p. 1]

MAC-TALLA.

“An ni nach cluinn mi an diugh cha ’n aithris mi maireach.”

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUINN, DI-HAOINE, NOBHEMBER 13, 1903. No. 10.

Mar a thug sinn iomradh cheana tha a chomhairle ’bh’air a suidheachadh leis an riaghladh Bhreatunnach air-son rannsachadh mu bhàs Shir Eachainn Dhomhnallaich, an deigh a leigeil ris do’n t-saoghal gu robh e tur neochiontach, agus gu robh e air a chur gu bas le teangannan puinnseanta luchd mì-ruin. Faodaidh e bhith gu bheil cuid a’ feòrach, ma bha Sir Eachann neochiontach, car-son a chuir e crìoch air a bheatha. Faodaidh an sgeula beag a leanas, a tha air innse le aon de phaipeirean-naidheachd Australia, a cheist sin a fhreagairt:—

“An la roimhe thog gille ann an ard-sgoil Waganui sgeul gu’n d’thug am maighstir-sgoile garg ionnsuidh air, ’s gu’m b’ann air éiginn a fhuair e as gun droch ghoirteachadh. Chum ceannardan na sgoile gun dail coinneamh dhìomhair na’m measg fein a dh’fheuchainn an robh so fìor. Bha ceathrar fhear-lagha agus breitheamh aig a choinneamh sin. Fhuair e gu robh am maighstir-sgoile neochiontach, nach robh facal fìrinn anns na bhatar a’ cur air. Ach aig an am cheudna bha am maighstir an impis a dhol as a rian; dh’fhas ’fhalt geal, agus bha e cùnntas laithean dluth do’n bhàs. Chaidh a shaoradh, ach cha do leighis sin e, agus tha a chuimhne air a thur thréigsinn. Cha’n eil e coltach gu’n deanar dad ris a’ ghille, a tha ’n deigh aideachadh gu saor nach robh anns an sgeul a dh’innis e ach na breugan. A reir coltais, b’e ’n aon ni a chum am maighstir o lamh a chur na ’bheatha fein gu’n deach e ann an laigse cho luath ’s a leigeadh ris a chasaid dha, agus uaithe sin cha robh a thùr fein aige. Na’n robh e air e-fein a chur a dhìth mar rinn Sir Eachann Domhnallach, cha bhiodh ceasnachadh sam bith air a dheanamh mu’n chuis, agus bhiodh daoine na’m barail fein dearbh-chinnteach gu robh e ciontach.”

Tha dòigh àig ban-ìmpire Shina air crìoch a chur air òraidean fada a tha gu fìor éifeachdach. Tha fear a bha air chuairt ’san dùthaich sin ag iomradh gu fac’ e an urra rioghail so uair a’ gabhail turuis, agus gach baile aig an deanadh i stad, bhiodh eagal a chridhe air <eng>mandarin<gai> a bhaile gu’m faigheadh i coire do ni-eigin ’s gu’n cailleadh esan a cheann. Aig aon àite thainig duine na ’làthair air a sgeadachadh an éideadh “Bocsair;” chaidh e air a ghlùinean fa comhair agus thòisich e air òraid a liubhairt ga ’moladh-se air-son cho eudmhor ’s a bha i a’ feuchainn ris na “diabhuil choimheach” a chumail a mach as an dùthaich. Cha robh na Bocsairean aig a cheart àm cho measail aig a bhan-ìmpire ’s a bha iad roimhe sin, agus co-dhiù bha cabhag oirre. Mar sin cha d’ rinn i ach smèideadh air seirbhiseach, fear a thainig gu grad air cùl a Bhocsair ’s le aon bheum de’n chlàidheamh sgud e ’n ceann dheth, a’ cur crìoch air a bheatha ’s air òraid cearta còmhla.

Cha’n eil e ri chreidsinn gu’m biodh e furasda do mhuinntir Chanada

a' bhean rioghail ghnìomhach so fhaotainn an iasad; ach dheanadh a leithid a bhi làthair aig suidhe na h-àrd phàrlamaid ann an Ottawa ath-leasachadh mor agus caomhnadh airgid. Cha'n eil uair a tha phàrlamaid cruinn nach eil iomadh la is seachduin air a chosg le daoine aig nach eil dad ri radh ach a mharbhas moran time a feuchainn ri òraidean a dheanamh. Am bliadhna chaidh iad sin thar cuimse buileach glan le 'n cuid rabhdaireachd. A reir cùntais a rinneadh o chionn ghoirid, tha gach mionaid a tha 'phàrlamaid na 'suidhe a cosg ochd dolair fhichead, agus mar sin tha iomadh òraid gun bhrìgh, gun bhladh a' toirt da no trì mìle dolair á ionmhas na dùthcha. Tha an sluagh fad-fhulangach, ach nuair a thuigeas iad a cheart da-rìreadh gur ann as am pòcaidean fein a tha 'n t-airgid a tighinn, eiridh iad na'n neart agus cuiridh iad clos air luchd nan òraidean gun fheum. Mur gabh iad arm na caillich a tha'n Sìna dhaibh, gabhaidh iad arm a ni'n gnothuch a cheart cho coilionta, ged nach bi e, ma dh' fhaodte, cho marbhteach.

Tha fiosan thar cuain ag innse iomadh sgeul air droch dhol air adhart anns an arm Ghearmailteach, cuid de na h-ofaigich a deanamh droch dhiol air na saighdearan. Tha iomradh air aon fhear a bhi air a ghrad mharbhadh le ofaigeach a chionn nach do chuir e 'n fhàilte cheart air. Fear eile a bha car mall ann an ionnsachadh na bhatar a teagasg dha, chaidh a dhochann cho dona 's gu'n d' fhàs e bodhar is dall. Agus mar sin air adhart. Tha'n t-àm aig an Impir' Uilleam a bhi ga chur fein an géill. Duine cho cumhachdach 's cho ioma-bhuadhach ris-san, cha b' fhada bu chòir dha bhi 'smachdachadh a chuid ofaigeach air dhòigh 's nach bu dàna leo bhi ga'n giùlain fein cho an-ìochdmhor rìusan a tha fòpa.

Bha taghadh ann am baile-mor New York air an treas la dhe'n mhios so. Bha a bhuaidh aig Tamanaidh comunn suarach a tha o chionn iomadh bliadhna a' toirt mi-chliù air a bhaile leis cho ladarna 's a tha iad daonnan a seasamh air taobh droch-riaghlaidh is dubhailc dhe gach seòrsa. Da bhliadhna 'n àma so thugadh buaidh orra, bha Seth Low air a thaghadh mar àrd-bhàillidh, agus uaithe sin gu so bha riaghladh a bhaile glan. Ach ròghnaich an sluagh a dhol air ais do chlàbar Thamanidh a rithist, riaghladh a bhi aca fo 'm faod neach gach lagh a thogras e a bhrìsteadh ma phàidheas e duais air-son an cead fhaotainn. Tha am fear a chaidh a thaghadh mar àrd-bhàillidh, Deòrsa B. Mac-Gillfhaolain, na dhuine bha roimhe so fo dheagh chliù, ach mar sheirbhiseach Tamanaidh cha bhi na chomas math sam bith a dheanamh. Bha 'athair na sheanalair a choisinn deagh ainm dha fein mar cheannard airm 's mar dhuine, agus tha moran de na daoine 's de na paipeirean a's fhèarr 'sna Staidean a' cur an géill an duilichinn gu'm biodh a mhac mar so a' cosnadh droch cliù do ainm air am bheil meas anns gach cearna de'n dùthaich.

Shluig bàn-tàilleir ann am Baile-Shearlot, E. P. I., snàthad o chionn da bhliadhna air ais. Cha d' fhuair e an ath sgeul air an t-snàthaid gus an la roimhe nuair a thainig i mach air a glùin, 's i cho slàn 's a bha i 'n latha chaidh i as an t-sealladh.

O chionn faisg air da bhliadhna air ais sheòl an "Condor," Soitheach-cogaidh Breatunnach, á Victoria, B. C., agus cha chualas sgeul oirre fein no air an sgioba tuilleadh. Air an t-seachduin s'a chaidh fhuairleadh an soitheach air grunn a' chuain am <eng>Berkley Sound,<gai> ann an doimhneachd tri cheud troigh de dh' uisge. Nuair dh' fhalbh an soitheach so, bha roimpe dhol do'n chuan a deas, 's bha i ullaichte air-son turus fada. Bha ceud is ceithir duine deug air bòrd, agus cha d' fhuair aon dhiu as a dh' innse sgeòil.

Bha am bàrr fad ais ann an Ruisia air an fhoghar so, agus tha e cunnartach gu'm bi gainne mhor agus gorta am measg an t-sluaigh bhochd. Tha'n feur 's an t-arbhar cho gann 's gu bheil aig na tuathanaich ri'n cuid spréidhe a chreic no a mharbhadh. Bha am bàrr dona ann an Siberia mar an ceudna, agus mar sin cha'n fhaigh iad cuideachadh as an dùthaich sin. Feumaidh iad na tha dh' easbhuidh orra de bhiadh a cheannach an dùthchannan eile, agus tha moran dhe'n t-sluaigh cho bochd 's nach eil na'n comas ceannach a dheanamh.

CUISEAN CLEIREACH—Tha coithional ùr de'n eaglais Chléirich ann an <eng>Glace Bay,<gai> agus oidhche Di-màirt s'a chaidh bha Mr Uilleam Meikle air a shuidheachadh ann. Tha an coithional so a cur mu dheidhinn eaglais a thogail, agus gus am bi i suas, bidh iad a cruinneachadh ann an talla Victoria. Tha Mr. Domhnull M. Gillios, ministear Westville, an deigh gairm a ghabhail do'n t-seann eaglais an <eng>Glace Bay,<gai> agus bidh e air a shuidheachadh innte air a cheathramh la fichead de'n mhios so. Tha coithional ùr air a dheanamh ann an <eng>New Aberdeen,<gai> earann de Ghlace Bay, agus bithear a' gairm ministear an ùine ghoirid. Tha Mr. Eachann L. Mac Fhionghain an deigh gairm a ghabhail do Shidni Mines, agus bidh e air a shuidheachadh an sin mar cho-oibriche do Mhr. Mac Gillemhaoil, air an t-siathamh la fichead. Tha Mr. Calum Caimbeal air a shuidheachadh ann an coithional Ghabarus air-son bliadhna. Tha Mr. Coinneach Domhnullach a bha na mhinistear am Port Morien an deigh gairm a ghabhail do Forest, an Ontario.

SGIORRAIDHEAN THALL, 'S A BHOS—Air a cheud la dhe'n mhios bha dithis bhan air an grad mharbhadh ann an Yarmouth, N. S., le carbad-feòladair a ruith thairis orra.—Ann an Dartmouth, air an la mu dheireadh dhe'n mhios a dh' fhalbh, bha Mrs Browser air a droch leon 's i falach ann an tom coille. Chunnaic sealgair a bha dol seachad gluasad 'san doire, agus loisg e an dùil gu'm bu chearc-thomain a bh' ann. Thatar an dùil gu'n teid ise 'm feobhas.—Ann am Bridgewater, bha gille og air a bhàthadh, duine air fhaotainn marbh 'sa choille, 's fear eile air a mharbhadh ann an muileann-sàbhaidh 'san robh e 'g obair.—Maduinn an treas la de'n mhios bha duin' og d' am b' ainm Bert Power, mac bantraich, air a mharbhadh ann a Halifax le bord a thuit air bhar taighe bhatar a' togail.—Bha teine ann an togalach an baile New York a dh' aobharaich bàs coig duine fichead agus a leon moran eile.—Faisg air Indianapolis bha trein air a bristeadh air an robh mile de luchd-turuis, agus bha leth-cheud dhiu air am marbhadh.

[TD 74]

[Vol. 12. No. 10. p. 2]

Cha'n eil sluagh nan Eileinean Breatunnach idir aonaichte mu ghliocas nan cùisean a tha Chamberlain a' cur fa'n comhair, ach tha iad uile aonaichte air deagh eisdeachd a thoirt dha. Tha e na dhuine aig am bheil buaidh mhor thairis air inntinnean dhaoine. Cha'n eil fear-staite eile ann am Breatunn aig a cheart am a tha cho measail ris; cha'n fhaodar taire no ana-ceartas sam bith a thoirt dha mar a dh' fhaodar a thoirt d'a leithidean eile. Do'n linn a tha beo am Breatunn an diugh tha Chamberlain a teagasg creud nuadh. Tha leth-cheud is seachd bliadhna o'n ghabh Breatunn ri Saor Mhalairt, shoirbhich leatha uaithe sin mar nach do shoirbhich leatha riamh roimhe, agus bidh e doirbh a h-iompachadh gu ni eile. Cha dean duine beò e mur dean Chamberlain fein e. Tha esan deònach cisean a chur air gran, feòil, caise 's im a thig a duthchannan cein, 's an leigeil a stigh saor as na <eng>colonies.<gai> 'S e tha 'san amharc aige le sin a dheanamh cearnan sgapte na h-ìmpireachd a thàthadh ri cheile, oir tha dùil aige nuair bheir an dùthaich mhathrail cothrom d'a <eng>colonies<gai> nach bidh i toirt do dhuthchannan eile, gu'n dean na <eng>colonies<gai> an ni ceudna rithe-se. Tha an sluagh gle dheonach gu 'm biodh an ìmpireachd air a tathadh na's dluithe ri cheile, ach tha eagal orra gu'n dean an seòl so am biadh a dhaoradh orra, 's gu fas e na's doirbhe dhaibh am beòlaind a chosnadh. Ma bheir Chamberlain orra chreidsinn nach tachair sin gabhaidh iad leis gu toileach.

NA COMUINN GHÀIDHEALACH—Tha iad so glé lionmhor anns an tìr; gheibhear iad anns a' Ghàidhealtachd féin, air Ghalltachd, ann an Sasunn, agus air feadh ar n-ùr threabhachas gu léir. Tha cuid diubh a tha deanamh obair mhath, bhràithreil, Chriosduidh; tha cuid a tha toirt cuideachadh feumail ann an tomhas beag do litreachas na Gàilig, do theagasg na cànan, agus do chùisean ciùil; ach tha a' chuid is motha a' caitheamh moran d' an tighinn a steach air dòighean nach fhiach. Co a chomharraicheas a mach cuspair air an aonaicheadh iad uile mar rùn cinneadail a bhiodh 'na aobhar uail is glòir dhaibh féin agus d'an dùthaich? Tha sinn a' cur na ceist; theagamh gu 'm faigh feareigin freagradh.—<eng>Oban Times.<gai>

TAOBH THALL A' CHUAIN.—Tha iomadh bliadhna o'n nach robh an aimsir cho fliuch 's a tha i am bliadhna; agus tha so 'na chall mor air iomadh dòigh. Bidh an t-iasgair agus an tuathanach a' fulang ri àm na droch aimsir. Agus troimh 'n chall a thig orrasan bidh gainne agus deuchainn aig an duine bhochd. Cha'n 'eil aobhar sònruichte gearain aca anns a' Ghaidhealtachd fathast; ach tha guth a' ghearain ri chluinntinn ann an cearnan eile, gu sònruichte ann an Eirinn air taobh siar-dheas an eilein. Tha e air a ràdh anns an àit ud gu bheil aon leth de'n bhuntàta loth agus nach fhiach an leth eile a thoirt as a' ghrund. Tha sgeul tiamhaidh a' tighinn o gach cladach tuath is deas mu'n droch uair a chum na h-iasgairean o dhol a mach o chionn ghoirid. Bha an stoirm ro mhor aig gach port iasgaich agus

cha b'urrainn do luchd nam bàtan beaga ach beag oidhirp sam bith a dheanamh. Tha so na aobhar ghearain na uairean air còrsan nan Gàidheal nach 'eil bàtaichean mora, ùr, làidir aca mar bu chòir dhaibh a bhi aca, agus gu bheil uime sin iasgairean á taobh siar air dheireadh orrasan a tha air an taobh sear. Ma tha so fìor c'ar son nach d' rinneadh barrachd feum do'n airgid rioghachd a chuireadh air leth air son cuideachadh nan Gàidheal? Ach 's ann mar so a bha riamh a' tachairt mu chùisean de 'n t-seorsa so: cha bhi an duine bochd a' faotainn na bha air a shònruachadh dha. Thig cuideigin no aobhar a thaobheigin a steach eadar esan agus na bha riaghailt ceartais a' cur air leth air a shon.

Tha sgeul a' tighinn á Sasunn mu bhailtean gàraidh a tha iad a' cur air chois air son a bhi a' tarruing an t-sluaigh air an ais as na bailtean mora anns am bheil moran gun obair, gun bhìadh, 's gun aodach, 's moran eile ann am bochdainn 's an gainne. 'S e an dòigh anns am bheil iad a' deanamh so a bhi ceannach farsuinneachd mhath de dh' fhearann freagarrach mìltean air falbh o na bailtean mora far am bheil am fearann saor, agus a bhi togail thighean gasda ùr tacan o chéile le tomhas de dh'fhearann co-cheangailte ris gach tigh. Fagus do'n bhaile so bidh factory no stéidh obair a thaobh-eigin air a shuidheachadh a bhios a' toirt cothrom saothair dhaibhsan a thig a chòmhnuidh do'n bhaile. Cha bhiodh e ceart do na Gàidheil a bhi call sealladh air oidhirp de'n t-seòrsa so.

Di-sathuirne an la mu dheireadh de dh' October, thachair droch sgiorrachd ann am mèinn an Dominion No. 2, an <eng>Glace Bay.<gai> Bha triùir dhaoine ag obair air an togalach mu bheul na mèinne, dlùth air ceud troidh os cionn talmhainn. Bha'n crò a bhios a giùlan nan daoine sios is suas do'n mhèinn aig an am aig beul na mèinne, ach an uair a ghluaiseadh e gu dhol sios 's ann a chaidh e suas. Fhuair fear de'n triùir a bha gu h-àrd e-fein a thoirt as an rathad, ach mharbhadh an dithis eile, Iain Domhnullach á Boulardarie agus Domhnull Domhnullach a Harbour an Bouche, siorrachd Antigonish. Bha na cuirp air an gearradh 's air am prannadh gu h-uamhasach; thuit aon diu sios do'n mhèinn, doimhneachd aona ceud deug troidh. B'e so sgiorrachd cho dona 'sa thachair 'sna meinnean o chionn fhada.

Dior-daoine an naodhamh la fichead de dh' October chaochail an t-Athair Alasdair Mac-Gillebhràth, sagart Bhaoghasdal, aig aois leth-cheud is seachd bliadhna. Rugadh e san Dun-ghlas, am Pictou. Bha e na 'shagart aona bliadhn' deug air fhichead, agus bha e chuid bu mhò dhe'n uine sin ann am Baoghasdal, far an robh e fo mhor mheas aig muinntir a pharraist. Bha e air a thiodhlacadh Di-luain an dara la de Nobhember, agus a bharrachd air muinntir na sgìreachd bha aireamh mhor cruinn as an da Shidni, as na mèinnean 's á àiteachan eile. Tha 'n t-Athair Ioseph Domhnullach, duin' òg a mhuinntir a Bhàgh 'n Ear, a bha roimhe so an Antigonish, air a shuidheachadh mar shagart parraist na 'àite.

Oidhche Shamhna bha gille d'am b'ainm Percy Corkum, a mhuinntir Hantsport, N.S., air a thilgeadh 's air a ghrad mharbhadh le fear

Truman Trefry. Bha Corkum an cuideachd ghillean eile a' dol seachad air àite Trefry agus thilg e tuirneap air an tigh. Dh' fhalaich Trefry e-fein an sin air cùl craoibhe a dh'fheitheamh gus 'n do thill na gillean, agus nuair a thainig iad loisg e air Corkum ga 'mharbhadh air a bhad. An deigh sin thug e e-fein suas do fhear-ceartais.

Tha gluasad a nis ann an Newfoundland air-son an t-eilein sin aonadh ri Canada. Mar a's luaithe thig sin gu crìch 's ann a's fhearr. Bu chòir do gach mir fhearainn a tha aig Breatunn an ceann a tuath America a bhi fo'n aon riaghladh.

Chaidh guirein a ghearradh á amhach Impire na Gearmailt an la roimhe. Bha amharus aig daoine gu'm bu chansair a bh'ann, ach tha na lighichean ag radh nach b'e. B'ann le cansair a chaochail 'athair.

LITIR A ALBAINN.

'FHIR MO GHRAIDH,—Tha am MAC-TALLA glé chuimhneach air mise 'ruigheachd aig ceann gach coig-lath'-deug; ged nach 'eil mise cho chuimhneach airsan 's a bu chòir dhomh. 'S e am fear-céilidh snasail, tlachdmhor e; agus cha d' fhairich mi riamh an oidhche fada 's e còmhla rium. B' e a bheatha ged a thigeadh e na bu trice.

Tha am Mòd Gàidhealach seachad air son bliadhna eile; agus, m'a tha, cha'n e am beag straidhlich a tha 'n a dhéigh. Tha e coltach gum bheil an fhàistneachd a rinn mi bho cheann fhada a brath tighinn air a cois-'s e sin, gum feumadh breitheamhna a Mhòid a bhi air an atharrachadh na bu trice na 'bhatar a' deanamh, air neo nach b' fhada gus am fàsadh an sluagh diombach. Tha an sluagh air fàs diombach, 'cheana. Cha luaithe 'bha am Mod seachad no a thòisich litrichean gearain air tighinn am follais anns na paipearan-naigheachd, deas agus tuath. Cho fhad 's a leugh mi cha 'n 'eil a h-aon de na sgrìobhadairean a' talach air foghlum no air deagha rùn nan daoine'-uaisle a tha, bho àm gu àm, a' lìonadh àite luchd-breith. Tha iad uile air an aideach mar dhaoine a tha anns gach dòigh freagarrach air son na dreuchd. C'arson, ma ta, a thatar a' gearan? Tha a chionn agus gur iad an aon fheadhainn a tha air an taghadh a h-uile bliadhna. Air am feabhas cha bu bheag air daoine eile atharrachadh a bhi air a dheanamh an tràsda agus a rithist. Tha a bhlàth agus a bhuil soilleir gu leoir ri 'm faicinn. Thoir fhéin, dìreach, sùil air clàr nan duaisean air son na bliadhna so. Bha sia-duaisean-deng air an tairgse air son rosg agus ranntachd. 'Dé a thachair? Chaidh iad so uile a roinn eadar seachdnar luchd-farpuis. Bha sin, gun teagamh, car iongantach-ach, stad fhathas! Ann an ceithir de na co-dheuchainnean cha deachaidh anns gach aon fa leth dhiubh, dara duais a thoirt seachad idir, ged a bha i air a' tairgse. 'Dé a tha so a' nochdadh? Tha nach deachaidh ach aon phaipear a chur a stigh, agus, mar sin nach robh dòigh air an dara duais a riarachadh. C'arson nach tug tuillidh de sgrìobhadairean Gàidhealach oidheirp air na duaisean so a chosnadh? 'S e an t-aobhar, a réir mo bharrail-sa agus a réir barrail iomadh aon a bharrachd orm, gun d' fhuair a' chuid mhór de sgrìobhadairean a'

mach bho cheann fhada nach robh stàth dhaibh oidheirp a thoirt gus an rachadh luchd-riaghlaidh ùra 'chur air leth. 'Dé a ni duine air bith a dh' fheuchainn agus a chall ùine air rud a tha e làn chinnteach nach faigh e, 'de air bith cho gleusda 's a théid e 'an dàil a' ghnòthaich. Chì an duine 'bhios beo gur iad na h-aon daoine a gheibh na duaisean a h-uile bliadhna, cho fhad 's a bhios an riaghladh mar a tha e. Tha deagha bhonn agam air son na barail so. 'S aithne dhomh duine a chuir a' stigh paipear bho cheann trì no ceithir de bhliadhnachan air son duaisean a bha air an tairgse air son <eng>list of technical terms relating to Highland industries.<gai> Cha robh de Ghàidhlig aig Gàidheil a' Mhòid na dh' eadartheangaicheadh na facail so, agus bu dàna do'm leithid-sa feuchainn ri ni a dheanamh a dh' fhairtlich orrasan. Cha do choisinn am paipear aig mo charaid dad, agus thill an rùn-chléireach air ais e. Ach, stad thusa! An ceann beagan ùine chaidh am paipear a fhuair a cheud duais a chlàdhbhuailadh anns na paipearan-naigheachd. Ann an lìonmhorachd fhacal no ann an dòighealachd cha tigeadh e ann an uisge na stiùireach do'n phaipear a chuir mo charaid a stigh. Tha mi ullamh gu so a dhearbhadh, lath' air bith. Tha paipear mo charaid agus am paipear do'n deachaidh an duais a thoirt agam, mar aon, air an tasgadh seachad gu cùramach; agus

[TD 75]

[Vol. 12. No. 10. p. 3]

mar a thuirt an seanfhacal, "togaidh an obair an fhianuis." An taobh a' mach de Ghàidheil a' Mhòid, cha'n 'eil sgoilear Gàidhlig eadar Tigh-Iain-Ghròid agus baile Lunainn a roghnaicheadh am paipear do'n tugadh an duais air thoiseach air a' phaipear a chaidh a thilgheadh gu taobh. Cha'n eil mi idir ag ràdh gum bheil muinntir a' Mhòid leth-bhreitheach. Tha beachd de'n t-seorsa fada bho'm smaointean. Ach tha mi ag ràdh gum bheil e soillear nach faigh iad blas air obair Gàidheil air bith an taobh a' mach de chòignear no shiathnar a tha a' toirt a' mach dhuaisean a h-uile bliadhna.

'N tràth tha mi 'sgriobhadh nan nithean cruaidhe so mu'n cuairt air a' Mhòd, feumaidh tu a thuigsinn nach 'eil nì agam anns an amharc ach leas agus soirbheachadh a' Chomuinn Ghàidhealaich. Gu pearsanta, cha'n 'eil dad agam ri bhuidhinn no chall air. Tha mi fhéin an còmhnuidh tuillidh a's trang le sgrìobhadh eile air son feuchainn air son duaisean a' Mhòid-eadhoin, ged a bhiodh deagha dhòchas agam ris a' cheud duais. 'S e mo rùn agus mo dhùrachd gun cinneadh am Mòd agus gun sgaoileadh e gu farsuing a sgiathan. Ach, cha tig an latha a chinneas e gus am bi làn earbsa aig sgrìobhadairean Gàidhlig anns an luchd-riaghlaidh agus anns an luchd-breith. 'S e an dòigh air an earbsa so a bhonntachadh agus a dhaingneachadh beagan atharrachaidh a bhi air a dheanamh, bho àm gu àm, anns an luchd-breith agus anns an luchd-dreuchd.

Bha 'm beachd tarruing a thoirt air rud no dha eile ach tha eagal orm gu bheil thu, 'cheana, 'fas sgìth de'n driamlach litreach so. Bheir mi m' fhacal dhuit, 'n tràth sgrìobhas mi thugad a rithist,

nach toir mi urrad agus aon iomradh air a' Mhòd. Cluinnidh tu bh' uam gun dàil.

A's mi, d' fhìor charaid,
AONGHAS MAC EANRUIG.

ROBINSON CRUSOE.

CAIB. III.

MU dheireadh shéid an stoirm cho eagallach 's gu 'n robh eagal agus uamhann ri fhaicinn eadhoin air na maraichean. Ged a bha 'n sgiobair a' deanamh na b' urrainn e gus an long a shàbhaladh, gidheadh an uair a rachadh e seachad orm an àm dha bhith 'dol do 'n chabin, no 'tighinn am mach as, bha mi 'g a chluinntinn caochladh uairean ag radh gu beag ris fhéin. "A Thighearna, bi tròcaireach dhuinn! bidh sinn uile cailte, theid sinn uile dhìth"; agus briathran eile coltach riutha so.

Ré na h-uine so bha mi 'nam shìneadh 'nam leabaidh, agus mi 'n déigh tomhas mor dhe mo mhothachadh a chall, agus mar sin cha 'n urrainn domh an fhìor staid anns an robh m' inntinn innseadh gu ceart. Cha b' urrainn domh an staid inntinn anns an robh mi an uair a ghabh mi a' cheud aithreachas a thoirt air ais; oir bha 'chuis coltach gu'n do chuir mi cùl ris an staid inntinn so gu buileach, agus gu 'n chruadhaich mi mi-fhin 'na h-aghaidh. Bha mi 'smaointean gu 'n robh searbhadas a' bhàis air a dhol seachad, agus nach biodh an stoirm so cho mor 's a bha a' cheud té. Ach an uair a thàinig an sgiobair far an robh mi, agus a thuirt e gu 'm biomaid uile air call, bha eagal uamhasach orm.

Dh' èirich mi anns a' mhionaid, agus sheall mi 'mach; ach a' leithid sid de shealladh eagallach cha 'n fhaca mi riamh roimhe. Bha 'n fhairge ag eirigh cho àrd ris na beanntan agus a' bristeadh thairis air an luing an ceann a h-uile trì no ceithir de mhionaidean.

An uair a sheall mi mu 'n cuairt, cha robh dad ri fhaicinn ach éiginn agus gàbhadh. Bha na croinn air an gearradh as an da luing a bha air acaire dlùth dhuinn, o 'n a bha luchd trom annta. Agus bha na seòladairean a bh' air bord againn a' glaodhaich gu 'n robh an long a bha air acaire mu mhìle an taobh am muigh dhinn, a' dol fodha. Bha da luing eile air am fuadach am mach as an acarsaid, an deigh dhaibh na croinn a ghearradh. B' iad na longan a b' aotruime a b' fhearr a bha 'seasamh, o nach robh an fhairge a faighinn uiread de chothrom orra; ach dh' fhuadaicheadh a dha no trì dhiubh, agus an uair a bha iad a' dol seachad dlùth dhuinn, agus iad a' ruith roimh 'n ghaoith, cha robh a dh' aodach riutha ach an seol-toisich.

An uair a bha e dlùth air an fheasgar thàinig am mate agus an seoladair ris an robh acfhuinn na luinge an earbsa, far an robh an sgiobair, agus ghuidh iad air gu 'n tagadh e cead dhaibh an crann-toisich a ghearradh. Cha robh e idir toileach so a dheanamh; ach an uair a thuirt iad ris gu 'n robh iad cinnteach gu 'n rachadh an long

do 'n ghrunnd gun dàil mur rachadh an crann a ghearradh, dh' aontaich e mu dheireadh gu 'n deanteadh mar a bha iad ag iarraidh. Agus an uair a ghearr iad an crann-toisich, bha 'n crann-meadhain cho mor air chrith 's gu 'n robh e air thuar an long a chuir as a cheile; agus mu dheireadh b' fheudar dhaibh an crann-meadhain a ghearradh mar an ceudna.

Faodaidh neach sam bith a thuigsinn gu 'n robh mi ann an droch staid fad na h-ùine ud. Cha robh annam ach seòladair òg air an robh eagall mor an uair nach robh an stoirm ach beag an coimeas ris an stoirm a bh' ann an lath' ud. Ach ma theid agam aig an àm so air na smaointeanan a bha 'g éirigh 'nam inntinn mu dheidhinn an am' ud a chur sios an so, bha a' dheich uiread de dhragh-inntinn orm mu dheidhinn nan rùintean a chuir mi romham an uair a bha a' cheud stoirm ann na bha orm an lath' ud mu dheidhinn mi bhith air mo bhàthadh. Agus chuir na smaointeanan so, comhladh ri uamhas na stoirme, na leithid de shuidheachadh-inntinn mi 's nach 'eil e 'n comas dhomh cainnt a chur air.

Ach cha d' thainig a' chuid bu mhiosa dhe 'n ghnòthach fhathast. Dh' fhàs an stoirm cho mor 's gu 'n robh na seòladairean ag radh nach bu chuimhneach leotha a' leithid fhaicinn riamh roimhe.

Bha long mhath againn; ach bha i air a luchdachadh gu trom, agus bha i 'cur nan car dhi anns an fhairge air a' leithid de dhòigh 's gu 'n robh na seòladairean an dràsta 's a' rithist ag radh gu 'n robh i air thuar a dhol fodha.

Bha feum agamsa aig an àm nach robh mi a' fìor-thuigsinn a' chunnairt anns an robh sinn, an uair a bha iad ag ràdh gu 'n robh an long air thuar a dhol fodha. Ach an uair a dh' fheoraich mi mu dheidhinn a' ghnòthaich, thuig mi na b' fhèarr e.

Bha 'n stoirm cho uamhasach 's gu 'n robh an sgiobair, agus a' chuid a b' fhèarr tuigse dhe 'n sgiobadh ag ùrnuigh gu dùrachdach, agus iad an dùil a h-uile mionaid gu 'n rachadh an long do 'n ghrunnd.

Mu mheadhain oidhche fhuaradh am mach gu 'n robh an long air fas eudionach. Ann an ùine ghoirid thuirte fear gu 'n robh ceithir troidhean de dh' uisge innte. An sin thugadh ordugh do na h-uile a dhol g' a pumpadh. An uair a chuala mi so, shaoil mi gu 'n do bhris mo chridhe 'nam chom, agus thuit mi an comhair mo chuil bhar na leapadh air an robh mi 'nam shuidhe, agus chaidh mi ann an laigse.

Dhùisg an sgiobadh mi, agus thuirte iad rium, ged nach d' iarradh orm car a dheanadh gus a' sid, gu 'n robh mi a' cheart cho comasach ri càch air pumpadh a dheanamh. An uair a chuala mi so, dh' eirich mi, agus thòisich mi ri pumpadh cho sunndach 's a b' urrainn domh.

'Nuair a bha sinn gu trang a' pumpadh, thug an sgiobair an aire do shoithichean a leig as na cablachan, agus a bha 'dol seachad oirnn, agus dh' ordaich e urachraichean a losgadh mar chomharradh gu 'n robh sinn ann an éiginn mhoir.

Cha robh fhios agamsa ciod bu chiall d' a so, agus shaoil mi gu 'n robh an long a' dol fodha, no gu 'n do thachair rud-eiginn eagallach dhuinn. A dh' aon fhacal, ghabh mi a' leithid de dh' eagal 's gu 'n do thuit mi ann an neul.

Aig an am b' e gnothach gach duine an aire a thoirt d' a bheatha fhein, agus mar sin cha robh suim aig neach sam bith dhiomsa. Thainig fear eile thun a' phump 'nam aite, agus thilg e as an rathad mi le 'chois, agus leig e leam laidhe far an robh mi air dha bhith 'smaointean gu 'n robh mi marbh; Agus bha mi ùine mhor anns an t-suidheachadh so mu 'n d' thàinig mo thùr fhein ugam. Lean sinn romhainn air pumpadh, ach bha 'n t-uisge a' sior fhàs na bu mhodha a dh' aindeoin na bha sinn a' deanamh, agus bha e soilleir gu leòr dhuinn gu 'n rachadh an long fodha; agus ged a bha 'n stoirm a' dol na bu lugha, gidheadh o nach robh e comasach gu 'm fanadh i an uachdar gus an ruitheamaid a steach do phort, lean an sgiobair air losgadh urachraichean ann an dòchas gu 'n tigeadh cuideachadh g' ar n-ionnsuidh.

Bha long a bha gu math aotrom air acaire beagan an ceann oirnn, agus ghabh cuid de 'n sgiobadh a bha oirre de mhisnich am bata fada a chur am mach gus feuchainn ri ar beatha-ne a shàbhaladh. Is ann a' cheart air eiginn a thainig am bata so dlùth dhuinn; ach bha e neo-chomasach dhuinn faotainn air bord innte, o nach b' urrainn di tighinn faisge air cliathach na luinge. Ma dheireadh dh' iomair iad gu math laidir, agus iad a' cur am beatha ann an cunnart gus sinne shàbhaladh. Thilg feadhainn dhe na daoine againne ròpa agus buta air a cheann am mach air deireadh na luinge, agus an uair a leig iad am mach iomadh aitheamh dheth, rug an sgiobadh a bh' anns a' bhàta air an déigh dhaibh iomadh oidhirp a thabhairt, agus an uair a tharruinn sinne am bàta gu deireadh na luinge, fhuair sinn uile air bòrd innte.

Cha robh e a chum feum sam bith dhaibhsan no dhuinne oidhirp a thoirt aig an àm air a dhol air ais thun na luinge acasan. Mar sin dh' aontaich iad uile gu 'm b' fhearr dhaibh a leigeadh air falbh leis a' ghaoith, agus gach oidhirp a thoirt air a bhith 'g a h-iomradh thun a' chladach. Mar so, eadar mar a bha i air a h-ìomrain leis a' ghaoith agus air a h-ìomradh, ghabh am bata dìreach mu thuath, a' dlùthachadh beag air a bheag ris a' chladach gus an d' rainig sinn tìr an deigh dhuinn a dhol mu 'n cuairt air gob Rudha Winterton.

Cha robh sinn ach mu chairteal na h-uarach air falbh o 'n luing an uair a chunnaic sinn i a' dol fodha. Sin an uair a thuig mi gu ceart ciod a bha air a chiallachadh le long a bhith 'dol fodha anns a' chuan.

Feumaidh mi aideachadh gur gann a b' urrainn domh mo shùil a thogail an uair a thuirt saòladair rium gu 'n robh an long a' teannadh ri dol fodha; oir o 'n mhionaid ud, faodar a radh gur e na seòlairean a chuir anns a' bhàta mi, agus nach b' e mi-fhin. Bha mo chridhe an impis a bhith marbh 'nam chom, araon leis an eagal, agus mar an ceudna leis an uamhas a bha air m' inntinn an uair a smaoinichinn

air ciod an cunnart a dh' fhaodadh a bhith fhathast romham.

Am feadh 's a bha sinn anns an t-suidheachadh so, agus na seòladairean ag iomradh mar a b'

[TD 76]

[Vol. 12. No. 10. p. 4]

fhearr a b' urrainn daibh gus tir a dheanamh dheth, an uair a dh' éireadh am bata air bharruibh nan stuadh, agus a chitheamaid an cladach, bha sinn a' toirt an aire gu 'n robh moran dhaoine 'nan ruith ri cois a' chladaich gus cuideachadh a thoirt dhuinn cho luath 's a ruigeamaid tir. Ach cha robh sinn a' cur moran astair 'nar deigh, agus mar sin thug sinn barrachd ùine air a' chladach a ruighinn na shaoileadh daoine. Cha b' urrainn duinn a dhol an còir a' chladaich gus an deachaidh sinn seachad air Taigh-soluis Winterton. An uair a fhuair sinn beagan de dh' fhasgadh an fhearainn, chaidh sinn air tir an so. Agus ged a bha e gle dhoirbh dhuinn a dhol gu tir, fhuair sinn uile air tir gu sàbhailte.

'Na dheigh sid choisich sinn gu ruige Yarmouth. Anns an t-suidheachadh bhochd, mhi-fhortanach 's an robh sinn ghabh luchd-riaghlaidh, agus daoine còire, caranach eile a' bhaile, ruinn le mor-chaoimhneas, agus thug iad dhuinn àite-fuirich far an robh sinn cho comhfhurtail 's a dh' iarramaid. Thug marsantan a' bhaile agus maighstirean nan long airgiod dhuinn gus ar turus a phaigheadh aon chuid do Lunnainn, no air ais gu ruige Hull, ge b' e aca taobh do 'm bu mhiann leinn a dhol.

Nan robh a nis de thùr annam na thug orm tilleadh air ais gu ruige Hull, agus a dhol dhachaidh, bha mi air a bhith sona. Dheanadh m' athair rium mar a tha comhsamhlachd an t-Slanuighfhir bheannaichte a' teagasg, agus mharbhadh e an laogh biadhtha air mo son. Chual' e gu 'n deachaidh an long air an d' fhalbh mi a chall ann an acarsaid Yarmouth, agus chaidh ùine mhor seachad mu 'n d' fhuair e fios nach deachaidh mo bhàthadh.

Ach bha am mi-fhortan a bha 'n dan dhomh 'g am iomain air aghart ann an dòigh nach gabhadh casg. Agus ged a bha mo chiall 's mo reusan caochladh uairean gu làidir ag iarraidh orm tilleadh dhachaidh, gidheadh cha robh e 'nam chomas tilleadh. Cha 'n 'eil fhios agam ciod a their mi ris a' so, agus cha ghabh mi orm a radh, gur e òrdachach diomhair, do-cheannsaichte a tha ann, a tha g' ar greasad air aghart anns na ceumannan sin a bheir sgrios oirnn air a' cheann mu dheireadh, eadhoin ged a tha e far comhair, agus sinn gu dian a' ruith g' a ionnsuidh le ar sùilean fosgailte. Cinnteach gu leòr cha tugadh rud sam bith ach òrdachadh diomhair do-sheachanta dhe 'n t-seorsa so ormsa a dhol air aghart mar a chaidh mi an aghaidh gach comhairle a bha mo chiall 's mo reusan 's mo chogais a' toirt orm, agus an aghaidh na dh' fhuiling agus na chunnaic 's na chuala mi an da thurus a bha mi aig fairge.

(Ri leantuinn.)

AN RIDIR EACHUNN MAC DHOMHNUILL.

RINN mi iomradh cheana air an laoch ghasda, churanta, mheamnach, onorach so. Bha gach Gaidheal thall 's a bhos fìor-mheasail air, agus gle phròiseil gu robh e co glic, foirmeil, neo-sgathach air machair 'us faiche 'n àir. On dh' éirich e bho inbhe iosal gu sgipidh, treunmhor gu sealbh a ghabhail agus 'fhaotuinn air suidheachadh foghainteach am measg ceannardan àrda na dùthcha, bha moran farmadach 'us deas air ainm 'us gaisge 's comhludair a' Ghaidheil eireachdail a chur sios agus ann an neo-bhrìgh. Is ann le tapadh 'us seoltachd 'us aghartas Mhic-Dhomhnuill a fhuair Citchener buaidh aig Cartoum. An deigh do 'n Ridir Eachunn euchdan iongantach a dheanamh ann an ceann mu dheas Africa, chaidh e gu Ceylon, eilean beartach a tha air taobh mu dheas Innsean na h-àirde 'n Ear. Lean tuaileas 'us tnu mosach e anns an Eilean so. Bha cridhe mor a' ghaisgich gheamnuidh, shuairce air a chràdh gu goirt, geur, leis na breugan maslach a thog luchd-tuaileis am measg nan ceannardan a bha maille leis as a leth. Thainig e dachaidh do Shasuinn airson a chùis bhrònach a chur fa chomhair nan Ceannardan mora 'tha 'riaghladh feachd Bhreatuinn. Tha sgeula air feadh an t-saoghail a nis, co dhiù a tha e fìor no nach 'eil, gu dubhairt Raibearts ris: "Falbh agus glan thu fein bho gach ni olc a tha 'nis ann ad aghaidh." Bha fios gle mhaith aig Raibearts nach robh ceannard eile co àluinn, sgairteil, stuama ri Eachann ann am feachd Bhreatuinn gu h-ìomlan. Le cridhe trom, tiamhaidh dh' fhalbh Eachann air ais. Smuaintich e le cridhe briste, iargaineach, gu robh e glan, uasal, neo-chiontach, ged nach d' fhuair e aon chuid caoimheas na comh-fhulangas uathasan a bha min-eolach air a ghaisge 's air a ghnathachadh beusach, ceart; agus am feadh a bha e air a chràdh le smuaintean de 'n t-seorsa so chaill e ghràdh a bha aige air a bheatha 'tha làthair, agus chuir e crìoch le 'laimh fein air a thurus talmhaidh. Le tuaileas agus le naimhdeas nan ceannardan a bu choir a bhi dileas da agus eudmhor os a leth, bhrìst cridhe Eachann, agus chaidh grian a latha 's a bheatha fodha am measg neoil dhorcha, uaigneach. Cha robh Gaidheal air bith aig an robh eolas air Eachann nach robh doilghisach 'us cràiteach gu leoir an uair a chuala e gu tainig crìoch air cuairt an laoch àluinn, dhuineil, eireachdail ann am Baile mor na Frainge.

Chaidh cuideachd de dhaoine-sè ann an àireamh-a thaghadh airson beusan 'us gnìomharan Eachainn chòir a rannsachadh gu mionaideach ann an Ceylon. Tha da no trì mhiosan on thug a' chuideachd dhìleas so am beachd seachad. Tha iad air am mionnan le aon ghuth 'us le aon inntinn ag radh gu do rannsaich iad gu geur, mionaideach gach ni 's cùis 'us iomradh a bhuineadh do bheatha 's do chrioch Eachainn; agus gu do chur iad gach meas 'us càirdeas a dh' fhaodadh a bhi aca do 'n Ghaidheal urramach, chalma, fhinealta, threun a thaobh, a chum gu bitheadh iad fìrinneach, dileas, ceart anns gach ni 's fianuis a rannsachadh mu dheibhinn Eachainn bhochd. Gun teagamh air bith rinn na sè daoine comasach, onorach so an dichìoll, airson smir na fìrinn fhaotuinn a mach mu dheibhinn a' cheannard stòlda, uaibhrich Mac Dhomhnuill, agus is e so brìgh am beachd 's an eòlais: gu robh

beatha 's giulan Eachainn co soilleir, glan, macanta ri solus na gréine fein, agus nach d' fhuair iad aobhar air bith a bhi creidsinn nach robh e daonnan uasal, malda, geamhnuidh, firinneach, duineil. An deigh do na sè daoine comasach, dichìollach am beachd a thabhairt seachad co làidir, neo-sgathach, fàbharach mu dheibhinn Eachainn, agus gach tàmailt 'us tarcuis a chaidh 'chàramh air, tha iad a' caoidh gu do chinn le luchd-tuaileis 'us le teangannan breugach, coirbte air chor 's gu do chur Eachann àluinn làmh na bheatha fein, do bhrìgh gu robh doilgheas 'us mulad 'us cràdh 'us àmhghar air an càramh air. Tha gach Gaidheal air feadh an t-saoghail gu léir ro thoilichte gu bheil ainm 'us cliu Eachann air an glanadh bho gach tuaileas, agus gu bheil aobhar aig gach Gaidheal a bhi 'gleidheadh air chuimhne le gràdh blàth, domhain ainm 'us euchdan 'us caithe-beatha grinn glan Eachann Mhic Dhòmhuill. Ach carson nach d' innis na sè daoine 'rannsaich beatha 's eachdraidh Eachainn ann an Ceylon, ainm nan ceannardan no nan saighdearan suarach, leibideach a nochd naimhdeas nimheil do 'n Ghaidheal churanta, uasal, agus a rinn geur-leanmhuinn air gus a' bhàs? Cha tig an latha 's cha tachair an oidhche, anns an dean naimhdean Eachainn euchd beag no mor, measail an stri nan lann. Is éiginn gur e siochairean 'us cladhairean truagha 'tha anns na ceannardan a rinn beatha Eachainn co cruaidh 'us co muladach. Is ann le nàire 's le rughadh gruaidh a tha sinn a gabhail beachd air an eachd raidh a thug iadsan seachad a rannsaich an dòigh air an do thòisich cogadh ann an ceann mu dheas Africa, agus air an robh uidheamachadh air a dheanamh airson a chogaidh leòsan, agus tha 'n àireamh lionmhor, a tha gabhail orra fein, le òir air am broilleach, a bhi 'cur thairis le gliocas 'us comas 'us dìchioll. B' fhearr Eachann Mac-Dhòmhuill leis fein na ceud de na daoine gun fheum, nach do nochd gliocas no tapadh pàisdean anns an uidheamachd a rinn iad airson cogadh an aghaidh nam Boerach. Rachadh càirdean blàth 'us lionmhor Eachainn Mhic Dhòmhuill air an aghaidh gu dealasach, faoilidh, airson clach-chuimhne shnasmhor, bhòidheach a thogail air a shon. Cluinnear ainm anns an dàn.

CONA.

EOBHAIN BAN MAC AN T-SAIGHDEIR.

LE SEUMAS N. MAC FHIONGHAIN.

CAIB. XVIII.

AM FRANGACH MOR AIR TACHAIRT RI 'MHAIGHSTIR-EOBHAIN AIR AN FHRAINING FHAGAIL, IS AGHAIDH AIR TIR NAM BEANN.

RINN am Frangach mór gàire magaidh an aodainn chàich, 's a suidh' air cathair aig a' bhòrd chuir e 'dha uilinn air, mar gu 'm bu leis an t-àite, agus deiseil gus an còrr a dheanamh orra gus an tarruinn, mur deanadh sud an gnothuch. Shuidh càch aig bòrd eile 'bha dlùth, a fàgail a gnothuich uile an lamhan an ceannard gus am biodh feum aig' air an cuideachadh. Dh' fhàs aogas an t-Sasunnaich dearg agus bàn mu seach, ach a faicinn coltas garg an fhir mhóir mheataich a chridhe na 'chliabh, agus thug e goradh as gu éirigh gus an t-àit'

fhàgail, ach chuir Eobhain a làmh air a ghlùin gus a chumail. Thug am Frangach an aire dha so, agus thionndaidh e aire le feirg air a Ghàidheal òg, a' gealltainn dha fhein 's do chàch, 's e caogadh riutha, moran spòrs an ùine ghearr. Cha do leig Eobhain dad air; ghlàn e dhe am fìon le neapaigin, 's an sin shìn e mach a lamh gus a ghlaine fhéin a thogail, ach mu 'n d' fhuair e sin a dheanamh thog am Frangach mor leis i 's ga 'cur ri 'bheul thràigh e i mu 'n coinneamh, 's ga 'cur sìos dh' fhaighneachd e de dh' Eobhain an robh e na 'chomain air-son a chuideachaidh. Bha anail a' Ghaidheil a nis a' tighinn na h-oiteagan beaga làidir, aithghearr, 's bha 'fhéithean a' cruinneachadh air uachdar na feòla mar ghataichean iarunn, ach mar fhreagairt do 'n Fhrangach rinn e gàire, mar gu 'n còrdadh an gnothuch ris taghte agus thug e taing dha air-son a chaoimheis.

"Ach," ars' esan, 's e breith air a ghlaine a rithist 's ga 'lionadh le bhinigir a bh' air a bhòrd, "tha mi 'n dòchas nach diult thu mo dheoch-slàinte 's deoch-slàinte 'n airm Bhreatunnaich òl as a chuaich so fhathast."

Le so a radh leum e thun an Fhrangaich, 's a breith le lamhan iarnaigh air chibhlean air tharruinn e dheud o chéile cho farsuinn 's gu 'n rachadh cù sìos, agus dhòirt e 'ghlaine bhinigir sìos na sgòrnan. Fhad 'sa bha so a tachairt bha gach aon cho sàmhach 's ged bhiodh balgum fala na 'bheul.

"Ma tha 'n còrr bhuat," ars' Eobhain, 's e le aon laimh a' cumail an Fhrangaich—"ma tha 'n còrr bhuat dhe 'n stuth ud gheibh thu do shàth, ach mur a bheil, o'n chaisg thu d' ìotadh, gabh do rathad, air slighe na's aithghearra na thàinig thu."

[TD 77]

[Vol. 12. No. 10. p. 5]

Le so a radh chunnaic na Frangaich le uamhas an Gaidheal òg a breith air an ceannard ainmeil, a bha deanamh stri chruaidh gus greim fhaighinn air a chlaidheamh, agus ga 'thogail air chùl amhach 's air dhruim, thug e thun na h-uinneig fhosgailte e 's thilg e mach air a bheul-fodha e do thom dhuis 'sa ghàradh fo 'n uinneig. Theich càch troimh 'n dorus cho luath 's a dheanadh na casan dhaibh air dhaibh so fhaicinn, 's gu h-àraidh air dhaibh da ghlùin rùisgte agus calpannan mor' Eobhain fhaicinn fo 'n fhéile-bheag, air dha tighinn mu 'n cuairt gus sìtheadh ceart a chur roimh 'n mhaidsear mhór do 'n tom dhuis.

Mu 'n do chrìochnaich iad a' chuir chruinnich càch mu 'n cuairt air ar curaidh, agus ge b' oil leis, dh' fhàisg iad a làmh a rithist agus a rithist, gu h-àraidh an t-ofigeach Sasunnach: theab nach fhaigheadh e cuibhteas e idir. Cha chual' iad an còrr mu 'n Fhrangach, ged a bha toil aca fhaighinn a mach an d' fhuair e 'chibhlean na 'n àite fhein. Ach bha iad, gu h-àraidh Eobhain, na 'm faireachadh fhad 's a dh' fhan iad am Paris na dhéigh sud.

Cha 'n 'eil teagamh nach b' ann air a thàille a chaidh ionnsuidh a thoirt air a bheatha aon oidhche 's e tilleadh dhachaidh. Ciod a bha Eobhain a giùlain leis dhachaidh air an oidhche so ach beagan phunnd de sheilcheagan Frangach, a cheannaich e air-son spòrs fhaighinn air' a' chòcaire Ghaidhealach 's air seann Ghaidheal eile 'theab fàs tinn an oidhche roimhe sud, 's iad air innse dha gu 'm biodh na Frangaich ag ithe nan creutairean grànda sin. Air dha bhi dol seachad air frith-shràid dhorcha, shaoil leis gu 'm fac' e coltas duine a snàgair eachd gu fàillidh ris a' bhalla. Bha 'n t-àit' aonaranach mu 'n àm ud a dh' oidhche, agus 's e so a thug air Eobhain tionndadh gu h-ealamh, air dha 'dhol seachad air an àite. Direach na àm; oir gu bhi aige le claidheamh rùisgte an togail bha 'n duine, 's gun e deanamh na bu mhotha 'dh' fhuaim air a chabhsair chlach na dheanadh cat. Thog Eobhain a làmh anns an robh 'm pasgan sheilcheag, 's bhual e le uile neart air a bhéisd eadar an da shùil iad, a cuibhrigeadh aodainn le plàsd nach robh idir cùbhraidh. Le ròmhann eagail theich e, a fàgail a chlaidheamh air a' chabhsair, 's le 'dha laimh mu cheann, cha 'n 'eil teagamh nach robh e smaointinn gur e eanachainn a bha tachairt ris.

Cha ruig sinn a leas a radh gu 'n robh smaointean Eobhain bhàin gu tric fad na h-ùine so air tìr nam beann, 's air na càirdean gràdhach a dh' fhàg e ann, agus bha e 'cur cùram mor air nach d' fhuair e freagairt riamh do aon de na litrichean a sgrìobh e dhachaidh. Ach bha fios aige gu 'm faodadh e bhith nach do ràinig iad riamh, oir 's na h-amannan ud cha ruigeadh duine sam bith uiread earbsa ri litir 'sa dh' fhaodas sinn 's na làithean so. Mar an ceudna, a dh' aindeoin cho math 's a dh' éirich dha, agus cho taitneach 's gu 'n robh 'n aimsir a bha e 'caitheamh a nis 'san dùthaich bhòidhich ud, bha 'chridhe mar ri 'smaointean an tìr nam beann; agus ged nach d' rugadh na fhìor bhàrd e, dh' fheuch e ri faireachdainnean a chridhe 'chur an dàn, agus chaidh aig' air mar so:-

Ged is bòidheach an Fhraing,
'S i gu greannmhor fo bhlàth,
Le 'cuid fhlùr 's iomadh bòidhchead
A' còmhdach a blàir,
Le 'cuid dhearcan is fion,
Agus grian shoilleir, bhlàth;-
Dhomhsa beanntan mo ghaoil,
'S fàile cùbhraidh an t-sàil'.

Ged is còmhnard an Fhraing,
Le 'cuid cabhsairean réidh,
Le 'cuid rìomhadh gun sgòd,
Agus pròis air a réir;
B'e mo ghaol na stùcan
A shiùbhladh na féidh,
'S mi gu h-aotrom 's gu sunndach
Le m' chù as an déigh.

Ged is lòghmhor, bog, ceòlmhor
An còmhradh 'san Fhraing,
'S ged is lionmhor stuth neònach,

Is beòlaid dhaibh ann;
'S e mo ghràdhsa mar chànain
Cruaidh Ghàilig nam beann,
'S mar mo bheòlaid an fheòil
Agus eòrna nan gleann.

'Nuair a dhùineas mo shùil,
Cha 'n e iognadh na Fraing,
Ach thig beanntan mo ghaoil
Thar a chaoil leam a nall;
Mi ri 'n taobh anns an fhraoich
Mar o thùs 's cha 'n ann mall.
Theid mi null, theid mi null,
B'e mo rùn a bhi thall.

Ma bha 'n còrr 'san òran cha chuala sinn; ach ni so fhein ar feum.
Ach tha dearbh fhios againn gu 'n tug e, le iomadh laoch eile,
aghaidh air beanntan a ghaoil beagan ùine na dhéidh so, agus mar an
ceudna bha aige ri ùine 'chur seachad ann an Dunéideann.

Mar tha cuimhn' aig an leughadair, b' ann 'sa bhaile bhòidheach so a
bha còmhnaidh na mnà òig agus a' phàisdein mhaoth aig a chaiplean òg
Mac-a-Ghobha, a dh' fhàg e, mar a chunnaic sinn, gun chli an taigh a
Bhelgianaich chòir. Ged a rinn Eobhain iomadh feòrach dha thaobh,
cha chual' e guth mu dheidhinn, agus thainig e mar sin thun a cho-
dhùnaidh thùrsach nach bu bheò an curaidh treun. Bha mar sin cridh'
a' Ghaidheil goirt, fìor ghoirt, agus b' fhearr leis aghaidh a chur
air an trup eachraidh bu thaghte bh' aig Boni na dhol leis an sgeul
bhrònach thun na bantraich òig. Bha mar an ceudna am pasgan beag
chuimhneachan a fhuair e o'n ofigeach aige gu cùramach riamh a dh'
aindeoin na chaidh e roimhe, agus a nis tha e air a bheulaobh air a
bhòrd, air a mhaduinn so, a mhaduinn bhòidheach an déigh dhaibh
tighinn, a rinn e suas inntinn a dhol air an turus bu chruaidhe leis
air an do ghluais e riamh. Bha e mar so eadar dha chomhairle, a'
togail na boineid 'sa phasgan mu seach gus falbh, 's an sin leigeadh
e as iad air a bhòrd far an robh iad 's bheireadh e greis eile air
amharc orra 's air an tionndadh mu 'n cuairt. Ach mu dheireadh leum
e air a chois, 's a cur na boineid mu cheann gu cruaidh 's a
phasgain gu fàillidh na 'phòcaid, ghabh e mach 's thug e aghaidh air
a cheann dhe 'n bhaile 'san robh bean a charaid a còmhnaidh. Thainig
e gu ceann na sràide mu dheireadh, 's mar bu dlùithe bha e tighinn
da cheann-uidhe 's ann bu mhaille bha 'cheum a dol, gus mu dheireadh
'n do sheas e buileach glan, dorus no dha o'n àite. Bha e cho trom a
smaointinn 's nach cual' e ceum mall a tarruinn dlùth dha, no gus 'n
do dh' fhairich e lamh air a ghualainn agus guth aoibhneach na
chluais cha do thionndaidh e. An gabhadh e bhith, no 'n e bha so
spiorad a dhùisg a smaointean throm 'san àm; ach cha b'e; 's e bh'
ann mu choinneamh 'san fheòil, slàn, ach gu bàn, tana, cuspair a
smaointean, an caiplean òg fhein.

Rinn an caiplean gàire. "A charaid," ars' esan, "bha mi ga d'
leantuinn o chionn dheich mionaidean, 's cha robh fios agam co-dhiu
theirinn a bhatar a' dol ga d' chrochadh no dol ga d' thiodhlacadh
beò 'nuair a ruigeadh tu do cheann-uidhe. Ach cho mall 's gu'n robh

mi cha bheirinn's ort, le cuideachadh an treas cois fhein," 's e togail a bhata làidir air an robh e, bu duilich le 'r caraaid fhaicinn, a leigeil pàirt dhe 'chudthrom daonnan.

"Ma ta, 'charaid," ars' an Gaidheal, 's aodann a dearrsadh le toileachadh, "bha dùil agam gu 'n robh na bu mhiosa na sin a feitheamh orm aig mo cheann-uidhe. Ach a nis an àite bròn bidh sòlas. Is e so mionaid cho toilichte 'sa dh' fhiosraich mi riamh; agus mur 'eil mi meallta cha 'n 'eil sibh ach air tighinn do 'n bhaile. Bha mis' air a cheum gu h-aindeonach thun 'ur bantraich, a choimhlionadh na h-àithne 'thug sibh dhomh. Ach a nis, a nis," ars' Eobhain, 's e toirt dha a phasgain 's a fàsgadh a lamhan a rithist, "cha 'n urrainn mi mo thoileachadh innse." Le so a radh bha Eobhain a dol ga 'fhàgail, a smaointinn nach biodh e freagarrach dha dol na b' fhaide leis, no bhi làthair aig ceud choinneamh na lànain. Ach rug an caiptean gu teann, cruaidh air, 's tharruinn e le spionnadh iongantach air adhart e, ag radh, "An e gu 'm fàgadh tu mi gun chomas a thoirt do m' mhnaoi 's do m' phàisde taing a thoirt do'n aon a shàbhail mo bheatha dhomhsa, agus a dh' fhàg companach agus athair acasan an diugh."

"Ah," ars' Eobhain, 's e tarruinn air ais, "b' fhearr leam gun dol na b' fhaide. Cha do rinn mise ni is fhiach ainmeachadh. Cha do rinn —"

"Tut, tut, Eobhain, am bheil thu smaointinn nach fhiach mo bheathasa 'shàbhaladh ainmeachadh?" ars' an caiptean, 's e deanamh gàire. "Cha 'n 'eil sin ro fhàbharrach dhomhsa, gun teagamh."

"A chaiptean," ars' Eobhain, "cha do leig thu dhomh na bha mi 'dol a radh 'chriochnachadh. Cha do rinn mis air 'ur son ach rud a dheanadh fear sam bith na m' àite-rud a dheanadh duine sam bith ri cho-chreutair gun smaointean air taing no duais."

"Cha deanadh, Eobhain, dithis 'sa cheud e. Tha mise na 's eòlaiche air nàdar dhaoine na tha thusa. Agus ged a bhiodh iad mar tha thusa 'g radh, 's tusa 'm fear a thachair feum a dheanamh dhomhsa. Ach cha chan mi 'n còrr, oir tha mi faicinn nach 'eil an cuspair a còrdadh riut, a charaid. Ach a stigh feumaidh tu tighinn, a dheoin no dh' aindeoin, agus fuireach seachdain no dha còmhla ruinn."

Leis na briathran rainig iad an dorus, 's bha e furasd' fhaicinn gu 'n robh inntinn a chaiptean fo bhruaillein, air dha nis a bhi cho dlùth dha shòlas, ach gun e na shealladh, 's an teagamh an robh gach ni gu ceart mar a dh' fhàg e. Ach gun dàil chaidh gach teagamh fhuadach; oir aig an dorus nochd nighean bheag chiabh òr-bhuidh, mu thri bliadhna dh' aois, cho boidheach 'sa chunnaic sùil riamh. "Mo Lili bheag!" ars' an caiptean, 's na deoir aobhneach na 'shùilean; "mo Lili bheag ghaoil! Is beag a bha dhùil agam," ars' esan, 's e ga 'togail 's a tionndadh ri Eobhain, "gu 'm fiosraichinn an sòlas so gu bràth tuille, air dhomh tuiteam 'san achadh ri d' thaobh, a charaid, am Belgium."

"C'ait' am bheil thu, 'Lili? Trobhad gu mamaidh?" arsa guth binn a

bha tarruinn dlùth. An ath mhionaid dh' fhosgail dorus an talla stigh, agus chunnaic Eobhain bean òg, eireachdail mu choinneamh, 's a tuigsinn co i cha robh iognadh sam bith air a charaid uasal, an caiptean, a bhi cunntais an dealachaidh cho cruaidh a sgaradh e o'n dithis ghaolach so. Bha bròn na 'h-aghaidh bhàin, agus a sùilean mar gu 'm biodh an tobraichean air tiormachadh an dìomhaireachd an seòmair, a caoidh a companaich òig, a bha cho duineil, dìleas, 's air nach cual' i iomradh ach gu 'n robh e air chall o'n chaidh na blàir mhor a chur. O, an dearrsadh sòlais a thainig na h-aogas bàn, air dhi fhaicinn mu 'coinneamh 's am pàisd' air a ghualainn. Cho mor 's cho leathainn 's gu 'n robh Eobhain bàn, bha e cinnteach nach fhac' i bìdeag dhe, oir bha 'sùilean 's a h-inntinn air an lionadh le gaol fhein. Le éubh thoilichte 's le 'gairdeanan sìnte leum i thun a companaich, 's a h-aghaidh a dol bàn is dearg ma seach, le eagal

[TD 78]

[Vol. 12. No. 10. p. 6]

gu 'm fàgadh 'iomhaigh a sùilean, 's ga 'ghlacadh na 'gairdeanan chaidh i ann an laigse. Thog am pàisd' a lamhan ris a Ghaidheal, 's ga 'toirt bho 'h-athair thug e cothrom dha a bhean a' ghiùlan da 'seòmair-ultach nach do dh' fhairich e, ged a bha e fann an déigh a thinneas.

An ùine gun bhith fada bha iad uile cruinn aig bòrd grinn, agus fhad 's a bha iad mu'n cuairt air bha iad a tighinn thairis air na dh' éirich dhaibh 's na gàbhaidhean cruaidhe chur iad seachad, agus iomadh rud eile. Mu dheireadh thainig crìoch air a chuirm, 's thog an Gaidheal, an aghaidh toil a chàirdean ùra, aghaidh air 'àite-còmhnaidh fhéin.

Bha gun teagamh slighe àrd air fosgladh roimh Eobhain bàn mac an t-saighdeir, na 'n leanadh e 'n t-arm, rud a dheanadh e, bha e smaointinn, air a h-uile cor, oir bha nis gaol a chridhe aig' air beatha 'n t-saighdeir, 's bha e smaointinn nach biodh e toilichte fada beò na 'n tigeadh air 'fhàgail. Air an ath latha fhuair e cead, agus thog e air gu beanntan a ghaoil.

(Ri leantuinn).

LITIR A LAG AN T-SLOCAIN.

FHIR A PHAIPÈIR,—Mar tha fios agad fhéin, na 's fhearr na th' aig duine beò, 's e roghadh is taghadh na Gàilig a tha anns na seann sgeulachdan, 's mar a b' e, cha bhiodh iad idir air an cumail air chuimhne gus an latha 'n diugh. Faodaidh fear is fear a bhi 'càineadh nan sgeulachdan, ach gu cinnteach ceart cha chàin mis' iad. O nach 'eil naigheachd a's fhearr agam ri innseadh dhut fhéin 's do d' leughadairean bheir mi dhut earrann de sheann sgeulachd ris an abairteadh "Conail Crà-bhuidhe." Chuireadh am mach an sgeulachd

so maille ri àireamh de sgeulachdan eile ann an ceithir leabhraichean anns a' bhliadhna 1890. Tha i tuilleadh is fada a toirt seachad cruinn, cothrom, ach le 'r cead fhein, sin ri ràdh ma chòrdas i ruibh, bheir mi earrann eile dhi seachad uaireiginn roimh thoiseach na bliadhna.

"Càs cho cruaidh anns an robh Conall Crà-bhuidhe. An uair a bha mi na m' ghill' òg bha moran fearainn aig m' athar. Bha pàircean bhiorach aige, 's bha té dhiubh an déigh breith. Thuirt mo mhàthair rium a toirt dhachaidh. Dh' fhalbh mi agus thug mi leam balachan, agus fhuair sinn a' bhó 's thug sinn leinn i. Shil fras shneachda; chaidh sinn a stigh do bhothan àiridh, 's thug sinn a bho 's an laogh a stigh leinn, 's bha sinn a leigeil dhinn na froise. Dé 'thàinig a stigh ach aona chat deug 's cat mor ruadh, cam na 'cheannard orra. 'Nuair a thainig iad a stigh, gu dearbh cha robh tlachd sam bith agam fhein d' an cuideachd.

"Suas sibh," ars' an ceannard; "c' arson a bhiodh sibh 'nar tàmh; agus seinnibh crònan do Chonall Crà-bhuidhe."

Bha iongantas orm gu 'm b' aithne do na cait féin m' ainm. An uair a sheinn iad an crònan, ars' an ceannard: "A nis, a Chonaill, paigh duais a' chrònan a sheinn na cait dhut."

"Mata," arsa mi fhein, "cha'n 'eil duais agamsa dhuibh, mur teid sibh sìos agus an laogh sin a ghabhail."

Cha bu luaithe thuirt mi am facal na ghabh an da chat dheug a sìos an dàil an laogh, 's gu dearbh cha do sheas e fada dhaibh.

"Suas sibh; c'arson a bhiodh sibh 'n ar tosd; seinnibh crònan do Chonall Crà-bhuidhe," ars' an ceannard.

Gu dearbh cha robh tlachd sam bith agam fhéin d' an crònan. Ach a nuas a ghabh an t-aon chat deug, 's mar an do sheinn iad dhòmhsa crònan an sin agus an sin.

"Pàigh a nis na 'n duais iad," ars' an cat mor, ruadh.

"Tha mi sgìth dhibh fhéin 's dhe 'r duais!" arsa mise; "cha 'n 'eil duais agamsa dhuibh, mur gabh sibh am mart sin shìos."

Thug iad thun a mhairt, 's gu dearbh cha do sheas i fada dhaibh, "c'arson a bhiodh sibh na 'r tosd; theirigibh suas agus seinnibh crònan do Chonall Cra-bhuidhe," ars' an ceannard.

Gu cinnteach cha robh umhail agam dhaibh féin no d' an crònan, a chionn bha mi faicinn nach bu chompanaich mhath iad. An uair a sheinn iad dhòmhsa 'n crònan thug iad a sìos orra far an robh an ceannard. "Paigh a nis an duais," ars' an ceannard. Cha robh duais agamsa dhaibh, 's thuirt mi riutha: "Cha 'n 'eil duais agamsa dhuibh mur toir sibh am balach sin leibh, 's feum a dheanadh dheth."

An uair a chual am balach so thug e 'mach air, 's thug na cait as a

dhéigh; 's gu cinnteach bha striongan eatorra. An uair a chaidh iad a mach ghabh mise mach air uinneag sgroth a bha air taobh cùil an taighe. Thug mi as cho cruaidh 'sa dh' fhaodainn a stigh do 'n choille. Bha mi gle luath, làidir 'san àm sin, agus an uair a mhothaich mi toirm nan cat na m' dhéigh streap mi ann an craoibh cho àrd 'sa chunnaic mi 'sam àite agus a bha dùmhail anns a bhàrr, 's dh' fhalaich mi mi-fhéin cho math 'sa dh' fhaodainn. Thòisich na cait air m' iarraidh feadh na coille, 's cha robh iad ga m' faotainn, agus 'nuair a bha iad sgìth thuirt gach fear ri chéile gu 'n tilleadh iad, ach thuirt an cat cam, ruadh a bha 'na cheannard orra: "Cha 'n fhaca sibhs' e le 'ur da shùil, 's gun agams' ach aon suil: sud an slaughtire shuas am bàrr na craoibhe!" An uair a thuirt e sud chaidh fear dhiubh suas 's a chraoibh, 's 'nuair a bha e tighinn far an robh mi tharruinn mì arm a bh' agam agus mharbh mi e. "Bhuam so!" ars' am fear cam, "cha 'n fhaod mise 'bhi call mo chuideachd mar so. Cruinnichibh mu bhun na craoibhe agus cladhaichibh timchioll oirre, agus leagaibh an nuas an rògaire gu talamh."

Chruinnich iad an so timchioll oirre, agus chladhaich iad mu bun, agus a cheud fhreumh a ghearr iad thug i uileann orra gu tuiteam, 's thug mi fhein glaodh asam, 's cha b' ioghnadh e.

Bha ann an iomall na coille uachdaran agus deich daoine aig a ruamhar, 's thuirt e: "Tha 'n sud glaodh sònraichte; cha 'n fhaod mise gun a fhreagairt." Thuirt fear a bu ghlice de na daoine: "Leigeamaid da gus an cluinn sinn a rithist e." Thòisich na cait 's thòisich iad gu fiadhaich, 's bhris iad an ath fhreumh, 's thug mi féin an ath ghlaodh asam, 's gu dearbh cha robh e fann.

"Gu cinnteach," ars an t-uachdaran, "is e duine na éiginn a th' ann; gluaiseamaid." Bha iad a' cur an òrdugh gu gluasad, 's dh' éirich na cait air a chraoibh gus an do bhris iad an treas freumhach, 's thuit a chraobh air a h-uileann. Thug mi 'n treas glaodh asam.

Ghreas na daoine foghainteach, agus an uair a chunnaic iad an diol a bh' aig na cait air a chraoibh, thòisich iad orra leis na spaidean, 's thòisich iad fhéin 's na cait air a chéile, gus an do mharbhadh gu léir iad, na daoine agus na cait; agus gu cinnteach cha do charaich mise gus am faca mi 'n t-aon mu dheireadh a' tuiteam dhiubh. Thainig mi dhachaidh, agus sin agads' an càs 'bu chruaidhe 'san robh mise riamh."

Ma bhios mi beò agus air a chothrom cluinnidh tu uam an ùine gun bhith fada. Leis a h-uile deagh dhùrachd,

PEIGIDH PHABACH.

Trod a mheasain 's a chùl ri làr.

Mu'n "Florida," Long Spaindeach.

B' ann a bhuineadh an Long so do'n chabhlach mhòr Spàindeach a chuireadh chum buaidh a thoirt air Sasunn, ri linn Ban-rìgh Ealasaid sa bhliadhna 1588.

Fhuair am Florida a stigh do Thobar-Mhuire, ann an Eilean Mhuile, cala co tearuint 's a tha air aghaidh an t-saoghail. Bha sìth san àm sin eadar Albainn agus an Spàind, air chor 's gu 'n robh càirdeas neo-sgàthach eadar muinntir na Luinge agus muinntir na dùthcha. Cha robh là nach robh uaislean as gach cearna de'n Ghaeltachd a' teachd a dh' fhaicinn na Luinge; agus dh' fhiosraich iad gach aoidheachd agus cairdeas a b' urrainn na Spàindich a nochda dhoibh. Chuala Ban-rìgh Shasunn mar bha, agus leis an innleachd bu mhallaichte air an do smuainticheadh riamh, chaidh aic' air cur as do'n Luing mhóir so. Ghabh Albannach d'am b'ainm Smollet duais-bhratha chum an soitheach a chur r'a theine. Chaidh e do'n dùthaich 'an riochd dròbhair, ann an éididh Ghaelaich agus ghabh e 'n cothrom là de na làithibh a bha e air an Luing air gnè theinndich fhàgail air bòrd, far an deanadh e an diubhail bu mhò 'nuair a ghabhadh e. Thàr e gu grad air tìr, agus thug e Sasunn air gun mhoille.

Cha deachaidh e ach mu shè mile air astar 'nuair a fhuair e dearbhadh gu leòir gun do shoirbhich le 'innleachd neo-chneasta. Tha cheart àite air fheuchainn gus an là an diugh far an robh e 'na sheasamh 'nuair a chual e fuaim an t-soithich 'n trà chaidh i r'a theine. Chaidh an long as a chéile; agus cha mhòr nach do chailleadh na bh' air bòrd, eadar arm, sgioba, agus dhaoin' uaisle a thainig a dh' fhaicinn an t-soithich. Chaidh earann de chlàr-uachdrach na luinge air tìr, agus tha e air aithris gu'n deachaidh seisear dhaoine a bha nan seasamh air a shàbhaladh. Bha san luing so aon de bhan-phrionnsaichean na Spàinde, fhuaradh a corp, agus chuireadh fo thalamh i le urram freagarrach da h-àrd inbhe, anns a Chill Mhorbheinnich, far a' bheil a chiste chloich anns an robh i air a càramh air a leig' fhaicinn gus an la an diugh. Tha e air innseadh ann an sean eachdraidh na dùthcha sin gu'n do chuireadh long dhachaidh as an Spàind a ghiulan air ais a cuirp ga' dùthaich fein. Tha e mar an ceudna air aithris gu'n d' iunndraineadh cuid de dh' uilt a làimhe, agus do réir baraile saobh-chràbhach na lìnne sin, bha tannasg na h-ainnir rioghail so gu tric ri fhaicinn, le soillse na gealaich ag iarraidh nan cnàmh a chailleadh. Bha air bord an t-soithich, 'nuair thainig i gu caladh, eich agus capuill a chaidh a chur a dh' ionaltradh air machraichean Mhuile. Dh' fhuirich iad sin san dùthaich, agus mheudaich iad àilleachd an greidhean each, a bhunaich gus an là an diugh. Fhuair teachdaire rìgh Bhreatunn san Spàind fios air na bha de stòras air bord am Florida, chaidh long chogaidh a chur á Sasunn do Thobar-Mhuire an toiseach na h-ochdamh linn deug, le muinntir a rachadh fo 'n uisge, chum gu 'm faigheadh iad an t-airgiod. Fhuaradh cnamhsach na luinge, agus chaidh iomad ni a thogail, ach cha d' aidicheadh gun d' fhuaradh a bheag de'n airgiod. Ach cha do phill an long riamh tuille do Shasunn, bha iad 'm barail gun deachaidh i do'n Fhraing, far an d' fhuirich an sgioba a mhealltuinn na fhuair iad.

Anns a bhliadhna 1787, thug an duin' ainmeil sin Spalding, oidheirp

air an ionmhas so fhaotainn, ach dh' fhartluich air, mar dh' fheudt' a smuainteachadh, leis mar chaidh cnamhsach na luinge gu h-iomlan fodha ann an criadh agus 'an làthaich.

[TD 79]

[Vol. 12. No. 10. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>
FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.

OIFIS:—0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA.<gai>
CORPAICHTE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
ann anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3%'sa bhliadhna.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a

Bhaid Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

[Dealbh]
A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE
dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.
J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh'iarrar, agus na prisean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.
M. B. FERGUSON, Special Agent, <gai> Sidni.
<eng>M. LEBETTER, Local Agent, <gai> Sidni Tuath.

GRADH CARAID.

Bha Innseanach còir anns an dùthaich so o chionn àireamh bhliadhnaichean, a fhuair baile math fearainn o na daoine geala-na Sasunnaich-saor dha féin 's d'a shliochd gu bràth, mar dhuais air son a dheagh ghiùlain 's a chairdeas seasmhach. Thog e a thigh air an fhearann, agus an sin bha e féin 's a theaghlach a' tàmh. Bha moran Shasunnaich-daoine geala-dlùth dha. Bha iad suarach mu dhéidhinn do bhrìgh gu 'm b' Innseanach a bh' ann. Cha robh déigh ac' air, is cha mhò a nochd iad càirdeas air bith ris-'s e sin cha robh iad mar chairdean da. Cha robh aig' ach an t-aon leanabh, is dh' fhàs am mac so tinn agus chaochail e. Cha deach a h-aon de na daoine geala ga choimhead, no gu labhairt ris an am a bhròin, ni mò a chaidh iad a chuideachadh leis corp a mhic a chur fo 'n ùir. Latha no dha an déigh so thainig e a dh' ionnsuidh nan daoine geala agus thubhairt e riutha, "'Nuair a chaochail mac no nighean an duine ghil bha an t-Innseanach brònach-shil e a dheòir, chuidich e leibh an uaigh a chladhach, agus an fhòid a chuir thairis orra. Ach chaochail mac an Innseanaich thruaigh, 's cha d' thainig aon duine geal 'na chòir. Cha robh mulad air a h-aon agaibh-rinn mi uaigh mo mhic leam fein. Cha 'n urrainn mi fuireach 'san àite so ni 's fhaide-cha 'n 'eil caraid agam ann-aon duin' aig am bheil gradh orm. Tha sibh suarach mu 'm thaobh; fàgaidh mi an t-àite."

Thog an t-Innseanach bochd air as an fhearann shaor a fhuair e. Thog e corp a mhic air mheadhain oidhche, agus ghiulain e féin 's a bhean corp an leinibh da cheud mìle, troimh choille 's troimh fhàsach, gus an do rainig e aite am measg a luchd-dùthcha féin far am faodadh e caraid a bhì aige. Nach bu mhor a ghradh da leanabh-nach bu mhor an gradh a bh' aige air caraid? Cha b' urrainn da 'bhì beò as eugmhais.

Mar sin tha feum againne air caraid a h-uile latha-aon a bhitheas dlùth agus aig am bheil spéis duinn. Ach an uair a tha sinn lag, tinn, uirbheasach, bochd, tha mothachadh mor againn air an fheum a tha againn air caraid dìleas. An am bàis, tha mothachadh laidir an sin againn air ar laigse féin, agus air an fheum a tha againn air caraid-air aon a bhì dlùth, is aig am bheil an toil agus an comas cuideachadh leinn. Nise 's e Iosa Criosd a cheart charaid sin. Bha esan aon uair na dhuine doilgheasach is eòlach air bròn. Cha 'n 'eil deuchainn a tha buailteach dhuinne nach d' fhiosraich esan 'san fheòil, ged a bha e as eugmhais peacaidh, agus mar so tha comas aige cuideachadh leinn an àm ar deuchainn.

BAS.

Ann a Woodbine, faisg air <eng>Marion Bridge, <gai> air an t-siathamh la de dh' October, Mairearad, bean Lachuinn Mhic Gilleain, Eildeir,

aig aois trì fichead is deich bliadhna. Dh' fhag i na deigh a fear-
pòsda, ceathrar nighean is dithis mhac. Bha i na mnaoi chliùitich
air am bi moran ionndrain am measg a luchd-eòlais.

Chaidh fhaighneachd de chaileig bhig c'ar-son a bha clann Israeil,
nuair a bha iad 'san fhàsach, a deanamh aoraidh do laogh òir.
Fhreagair ise gu 'm b' ann a chionn nach robh dh' òr aca na dheanadh
mart.

Thoir gradh do na h-uile; dean earbsa á beagan; na dean olc do
neach; bi a' d' fhear dùlain an neart ni 's mò na 'n cleachdadh;
agus gléidh do charaid fo iuchair do bheatha féin; fuiling bacadh
air son a bhi sàmhach agus na togar cis dhiot a chaidh air son a
bhi labhrach.

Nàire nam maighdeanan an luìr gnibh nan cailleachan.

BRAIGH' ABHAINN BHARNAIDH.

LEIS AN URR. D. B. BLAR, D.D.

Thig an àird' leam gu Bràigh'
Abhainn Bhàrnaidh do 'n choille;
Far am fàs an subh làir,
'S cnothan làna gun ghainne.
An lon* àrd bidh na uail
Gabhail cuairt ann gu loineil,
'S bidh an fheòrag le srann
Null 's a nall feadh a dhoirean.

Gheibhear fìor-uisg' nach truail
Anns na fuaranaibh fallain,
Agus àile glan, ùr
Feadh nam flùr is a bharraich.
Bheir sinn sgrìob feadh nan stac,
Feadh nan glac is nan gleannan,
'S bidh sinn sòlasach, ait,
Leis gach taitneas nar sealladh.

Anns a gheamhradh neo-chaoin
Thig a ghaoth le fead ghoineant',
'S bidh cruaidh ghaoir feadh nan craobh,
'S iad fo shraonadh na doininn.
Bidh sneachd trom air gach gleann,
'S cathadh teann mu gach dorus;
Ach bidh lòn againn 's blàths,
' bidh sinn mànrnach, sona.

Thig na h-eoin le 'n ceol réidh,
Nuair a dh' éireas an t-earrach,
Theid an geamhradh air chùl

Agus dùdlachd na gaillinn.
Bidh gach àilein is cluain
Sealltainn uain'–fheurach, maiseach,
'S bidh gach creutair fo àgh
Is am blàths tigh'nn air ais uc'.

Thig an samhradh mu 'n cuairt
Chuireas snuadh air an fhearann:
Cinnidh blàthan a Mhàigh†
Agus neoineanan geala.
Aig Loch Bhrùra an àigh,
Air gach àird agus bealach,
Bidh sinn aoibhneach gach là,
Ma bhios slàinte m' ar teallach.

<eng>* Elk, moose.
† Mayflowers.<gai>

ORAN POSAIDH.

LEIS AN URR. D. B. BLAR, D.D.

LUINNEAG.

Chaidh an comunn, an comunn,
Chaidh an comunn air chùl;
Chaidh an comunn o chéile,
Cha dean feum ach fear ùr.

Soraidh slàn le mo mhàthair,
A thug gràdh dhomh o thùs;
'S òg a rinn i mis' àrach
Na mo phàisd air a glùn.
Tha mi 'nise ga 'fàgail
Air son Màiri mo rùin;
Og–bhean uasal nam blàth–shùl,
Rinn mo thàladh le mùirn;

Maighdean uasal ro àluinn,
Thug mi gràdh dhi as ùr;
'S i mo roghainn gu bràth i,
Cuiream càch air mo chùl.
Bidh i leam anns gach àite,
Oir 's i làn mo dha shùl.
Cha sgar ni ach am bas sinn,
Sud an tràth so mo dhùil.

Mar a's ait leinn, am Blàrach
Thig gu 'r tàthadh ri 'chéil',
Do réir riaghailt an àite,
Agus àithne na cléir'.
Nuair a gheibh mi air laimh i
Ni mi gàirdeachas réidh;
Cha bhi duine 'san àite

'Bhios cho sàsaicht' rium féin.

'S i bean chomuinn mo ghràidh i
Fad mo làithean fo 'n ghréin,
Air mo thuras troimh 'n fhàsach
Dh' ionnsaigh Pàrras mo Dhé.
'S e mo ghuidhe le làn-toil,
I bhith sàbhailt' gach ré,
Ann an comunn an Ard-rìgh
A thug gràdh dhuinn nach tréig.

August 1, 1882.

[TD 80]

[Vol. 12. No. 10. p. 8]

MOLADH NAN GAIDHEAL.

LE FEARCHAIR DOMHNALLACH.

LUINNEAG.

Hug o-ho, laill o-ho,
Laill o-ho, ro i,
Hug o, laill o-ho,
Laill o-ho, ro i,
Gur fearail na Gaidheil
Mar b' abhaist 's gach linn.

Bha 'n t-urram a ghnàth
Aig na Gaidheil 's gum bì,
'S gun canadh na bàird sud
O làithibh mhic Fhinn;
Na fiurain neo-sgàthach
Bhuaidh-ghàireach 'san strì,
'S iad cinneadail, dàimheil,
Ro chàirdeil 'san t-sìth.

Gum faighear deagh chliù orr'
'S gach dùthaich fo 'n ghréin,
'S gun cuirear air thùs iad
'S gach tùrn agus euchd,
Am misnich, an cruadal,
An uaisle 's an céill,
An onair, am fìrinn,
'S an dìlseachd d'a réir.

Na giomanaich lùghar
'Bu shunndach 'sa bheinn,
'S tric 'dhearbh iad le 'n armaibh
'Bhi marbhteach 'san fhrìth,
Bidh 'n coileach 's a leannan,
'S an eala gheal mhìn,

An fheadag, 's a ghuilbneach
Le 'n cuims' dol a dhìth.

Bidh 'n earbag bheag luaineach,
'S an ruadh-bhoc clis, fiat,
'S an damh a ni 'n crònan
Gun deò air an t-sliabh.
'S 'n àm pilleadh gu h-anmoch,
Gur tarbhach an triall,
Aig fleasgaich nam mor-bheann
Nach sòr cosg ri fion.

Gur h-ait leo bhi 'g iasgach
'S an fhial-mhadainn chaoin,
Le cuileagan brianach
Ri driamlaichean caol'.
Bidh 'm bradan, 's a gheadag,
'S am breac air gach taobh
Gu bruachan ga 'n tarruing
Aig clannaibh mo ghaoil.

Gur maraichean cròdh iad,
Deas, eòlach air cuan,
Nach meataich a ghaillionn
'S nach greannaich am fuachd.
Nuair bhitheas na dùilean
Ga 'n sgiùrsadh gu cruaidh,
Bidh iadsan gu làmh'chair,
Gun sgàth air an gruaidh.

Cha 'n iognadh am barrachd,
'S an aitim o'n d' bhuain
Na fineachan fialaidh
Bha fiachail 's gach buaidh,
Ro ainmeil an gliocas,
Am misnich, 's an cruas;
'S nuair b' fheumail, bu sgaiteach
Na gaisgich chur ruaig.

Nan cluinneadh iad nàmhaid
'Cur càis air an tìr,
Gum faict' o gach àird iad
A tearnadh na 'm mill,
Gu breacanach, armaichte,
Tarbhanta, grinn,
Fo bhrataichean balla-bhreac',
'S ri garbh phort nam pìob.

Bu fhathail na h-àrmuinn
A fàgail an glinn,
A chosnadh buaidh-làrach,
Mar b' àbhaist dhaibh bhìth.
'S gur tric thug iad crathadh
Air cathraichean rìgh,

'S cha philleadh gu 'n dùthaich
Gun chùmhnanntan sìth'.

Nuair thàrladh dhiu còisir
An seòmar nam pios,
Bu chridheil mu 'n òl iad,
Ri òrain ga 'n seinn;
Fir mhànrnach, cheolraidheach,
Chòmhruidhteach, ghrinn,
A thràghadh na buideil,
'S nach sgrubadh a phrìs.

Nuair ghlacas am bàs mi,
'N aon àite 'g am bi,
Gun guidhinn-sa Gàidheil
'Bhith 'n làthair mo chrìch',
Bhith righeadh mo chnàimhean
'S a sgàileadh mo chinn,
'S mo ghiulan 's mo chàradh
Fo 'n fhàd anns a chìll.

AN T-EILEIN MUILEACH.

LE DUGHALL MAC-PHAIL.

LUINNEAG.

An t-Eilein Muileach, an t-Eilein àghmhor,
An t-Eilein grianach mu'n iadh an sàile;
Sar Eilein buadmhor nam fuar-bheann àrda,
Nan coiltean uaine, 's nan cluaintean fàsail.

Ged tha mi 'm fhògarrach cian air m' aineol
'S a Chaisteal-Nuadh 's an taobh tuath de Shasunn,
Bidh tìr mo dhùthchais a tigh'nn fainear dhomh,
An t-Eilein Muileach 'bu lurach beannaibh.

Bu taitneach, cùbhraidh, 's bu réidh an t-àilean,
Le 'bhlàthan maoth-bhog 'bu chaoine fàileadh;
Bu ghlan na bruachan mu 'n d' fhuair mi m' àrach
An Doir'-a-chuilinn aig bun Beinn-bhàirneach.

Air Lusa chaisleach nan stac 's nan cuartag
Bhiodh bradain thàrr-gheal nam meanbh-bhall ruadh-bhreac,
Gu beo-bhrisg, siùbhlach, le sùrd ri luath-chleas,
Na 'cuislibh dùbh-ghorm gun ghrùid, gun ruadhan.

Bu chulaidh-shùgraidh do dh-ògfhir uallach,
Le gathan tri-mheurach, rìnneach, cruaidh-ghlan,
Air caol-chroinn dhìreach, gun ghiamh, gun chnuachd-mheoir,
'Bhith 'toirt nan làn-bhreac gu tràigh mu 'bruachan.

Gheibhtheadh an ruadh-chearc'sna coilltean ìseal;
'S a coileach tùchanach dlùth ga brìodal;

'S ged bha na beanntan gun fhaing, gun fhrìthean
Bha daimh na cròice na 'n còrsaibh lionmhor.

B' e 'n sòlas inntinn leam a bhith 'g éisdeachd
Ri còisir bhinn-ghuthach ghrinn a Chéitein;
A seinn gu sùndach an dlùths nan geugan,-
A choill fo liath-dhealt 's a ghrian ag éirigh.

'Nis chlaon gach sòlas dhiu sud mar bhruadar,
'S mar bhrisdeadh builgein air bhàrr nan stuadh-thonn,
Ach soraidh slàn leis gach loinn is buaidh
A bh' air eilein àghmhor nan àrd-bheann fuara.

Bha bean òg uair a' càineadh an tombaca ri fear-eòlais ag radh gu
robh e, a bharrachd air a bhi na chleachdadh salach, gle chronail do
'n t-slàinte. "Ma ta," ars am fear ris an robh i bruidhinn, "nach
neònach nach do chuir e crìoch air m' athairsa, fear a tha smocadh
na h-uile la a dh' éireas e, agus tha e tri fichead bliadhna 's a
deich a dh' aois." "Faodaidh sin a bhith," ars ise, "ach mur biodh e
ris a phiob, co aige tha fios nach biodh e ceithir fichead!"

<eng>The Canadian Bank of Commerce<gai>
RIS AM BHEIL AIR AONADH
<eng>THE HALIFAX BANKING COMPANY.<gai>

Earras Paidhte \$8,700,000
Airgiod Taimh 3,000,000

ARD OFIS, TORONTO.

AN T-ONORACH DEORSA A. COX,
Ceann-Suidhe.

<eng>B. E. WALKER,<gai>
Ard Mhanager.

Ofis an LUNNAINN (Sasunn) aig 60 <eng>Lombard St., E. C.
S. CAMERON ALEXANDER, Manager<gai>

Ofis an NEW YORK aig 16 <eng>Exchange Place,
WM. GRAY agus H. B. WALKER, Agents.<gai>

Tha ceud is ceithir meur dhe'n Bhanca so air feadh Chanada is nan
Staidean Aonaichte, am measg am bheil an àireamh a leanas anns na
Roinnean Iochdrach.

<eng>HALIFAX, H. N. Wallace, Manager.
Amherst Antigonish Barrington
Bridgewater Canning Lockeport
Lunenburg Middleton New Glasgow
Parrsboro Sackville St. John
Shelburne Springhill Sydney

Truro Windsor<gai>

Gach seorsa gnothuch banca.
Ceannaichear is reicear airgid is notaichean Breatunnach.
Gheibhear Litrichean Creideas de 'm faodar feum a dheanamh ann an
cearna sam bith dhe 'n t-saoghal.

BANCA CAOMHNAIDH.

Tha Banca Caomhnaidh a nise fosgailt aig gach meur dhe 'n bhanca.
Gabhar suim sam bith air riadh, eadhon suim cho beag ri aon dolar.

Meur ann an Sidni.

<eng>P. C. STEVENSON, Manager.<gai>

ANNS AN STOR UR

LE STOC MOR DE DH

Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula

ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE

air Sraid Shearlot.

<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

[Dealbh]

Bidh fìor chomhfhurtachd agad 'nad dhachaidh nuair a bhios gach
airneis us grinneas air a thaghadh le rian agus tuigse. Agus 's e 'n
ceud ni is coir aire fhaotainn am brat-ùrlair a theid air na
seomraichean. Gheibh thu againne
Brat-ùrlair is Airneis
dhe na seorsachan a's fhearr, agus gach ni eile air an cuir thu feum
air son breaghachd do thaighe.

Cuir a dh' iarraidh Leabhraichean anns am bheil gach ni a tha sinn a
creic air ainmeachadh. Paighidh sinn faradh do chearna sam bith de
Cheap Breatunn.

<eng>Gordon & Keith, A. T. GRANT, Manager.

SYDNEY & LOUISBURG R'Y.<gai>

TIM CHLAR.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh' Iun, bidh na treineachan
a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 7.59 a.
m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.35 a. m.

A fagail Shidni aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 9.43 a. m.,
'sa ruigheachd Louisburg aig 10.35 a. m.

A fagail Louisburg aig 5.30 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 6.21 p.

m., 'sa ruigheachd Shidni aig 7.00 p. m.

A fagail Shidni aig 8.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.43 p. m.,
'sa ruigheachd Louisburg aig 9.30 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

Mac-Talla.

Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.

Bliadhna, \$1.00

Tri Miosan, .30

Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd-gabhail an Canada, anns
na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an
New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa
bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna.
Biodh gach litir is eile air a seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 81]

[Vol. 12. No. 11. p. 1]

MAC-TALLA.

"An ni nach cluinn mi an diugh cha 'n aithris mi maireach."

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, NOBHEMBER 27, 1903. No.
11.

Nuair chaidh muinntir Eilein a' Phrionnsa a stigh ri Canada bha coir
aca air sia aiteachan-suidhe ann an ard-pharlamaid Ottawa. Deich
bliadhna air ais chaidh an àireamh sin a leagail gu coig agus am
bliadhna gu ceithir. Bha sin air a dheanamh a chionn nach robh
àireamh sluagh an eilein a' cumail suas ri àireamh sluaigh Chanada
air fad. Tha muinntir an Eilein co-dhiù an deigh a' chùis a chur
'san lagh, ag agairt nach robh coir aig an àrd-riaghladh, a reir
cumhachan an aonaidh, air an àireamh a dheanamh na bu lugha na bha i
'sa cheud dol a mach. Ann an cuirtean Chanada chaidh a chuis nan
aghaidh, ach tha iad a nis a togail na cuise gu Lunnuinn, far am bi
a bhreith dheireannach air a tobhairt a chuireas a cheist a thaobh.

Bidh daoine duilich a chluinntinn gu'n do thachair droch sgiorradh
do Mhorair Kitchener air a choigeamh la deug dhe'n mhios so. Bha e

muigh leis fein a' marcachd, agus air dha bhi dol troimh àite cumhang ghabh an t-each aige sgaoim 's leum e gu taobh an rathaid far 'n do bhuaile e ann am balla. Bha am morair air a thilgeadh as am diollaid agus bha e na shìneadh air an rathad faisg air uair mu'n d' thàinig daoine na rathad a ghiùlain dhachaidh e. Fhuair an sin gu robh té dhe luirghean air a toinneamh 's air a bristeadh an da àite beagan os cionn an aobruinn. Tha Kitchener, o'n thainig crìoch air cogadh Africa mu dheas, na àrd-cheannard air an arm Bhreatunnach anns na h-Innsean. B' ann am baile ris an canar Simla a bha e nuair thachair an sgiòrradh so dha.

Bha pòsadh ann am baile New York toiseach a mhios so d'an dual a bhi iomraiteach ann an eachdraidh an t-saoghail. Cha'n e uaisle an duine no saobhreas na mnatha dh' fhàgas e iomraiteach, ged tha esan na Dhiùc Sasunnach agus ise na nighinn milllionair; 's e dh' fhàgas am pòsadh so iomraiteach òinsealachd mnathan a bhaile mhoir sin. Chruinnich na mìltean dhiu timchioll na h-eaglais, agus cha robh an comas nam maor an cumail aig riaghailt. Tholladh iad a stigh air dòigh-eigin a dh' fheuchainn am faigheadh iad sealladh de'n chàraid òig. B' fheudar a bhi ga'n ruagadh bhar lobhta na h-eaglais, bho charbad bean na bainnse 's eadhon á toll guail a bha taobh a cheuma air an robh aig a chòmhlàn phòsaidh ri coiseachd. Thatar ag radh gur h-e bhi dàna, modhail lagh na cùirte, ach b'e riaghailt mnathan New York air an la rid a bhi dàna, mi-mhodhail. Ach cha chòir a bhi cur sìos orra tuilleadh is mor. Bristidh an galair ceudna mach air ar taobh fein de'n chrich an ùine gun bhi fada; tha sinn gle mheasail air na fasasan Geancach. Nuair a chualas ann an Canada mu'n diol pogaidh a rinneadh air Hobson bochd leis na mnathan, ghabh sinn uamhas. Ach beagan ràidhean an deigh sin, nuair bha na gillean againn fein a' dol air bord soithich ann a Halifacs a' cur an aghaidh an Africa mu dheas, gu dé thachair?

Cha do shàbhail sion iad o bhi air an aon ruith ri Hobson ach an lionmhorachd. Bu ghlic ged a b' éibhinn barail Eachainn Thirisdich air nithean de'n t-seorsa so. Ars' esan, 's e 'g innse mu na <eng>ladies<gai> a bha dìreadh 'sa chreathaill iarunn gu mullach an t-siomalair mhoir an Glascho: "'S mi fhein nach posadh a h-aon diu! Mo nàire! bu choir do mhnathan a bhi banail malda. Chunnaic mi Mairi Mhor, nighean Eachann, a' streapa suas gu bàrr croinn an Sgairinis aon uair, 's cha do bhàlthaich mo chridhe riamh tuilleadh rithe." Ged nach eil Eachann beo air thalamh an diugh tha gu leor ann a tha chearta cho coma de luchd-pogaidh nan curaidhean 's de luchd-aoraidh na h-uaisle 's an t-saibhreis 's a bha esan de'n nighinn mhoir a chunnaic e streapa suas am barr croinn.

Tha da shluagh anns an Roinn-Eòrpa 's ann an Asia a tha na'n cùlaidh-thruais. 'S iad sin na h-Iudhaich agus na h-Armenianaich. Tha aona muillion deug Iudhach air an t-saoghal, agus dhe'n àireamh sin tha seachd muillion an taobh stigh de chriochan Ruisia. Tha sàrachadh mor ga 'dheanamh orra 'san dùthaich sin. Cha'n eil moran saorsa no sochair aig a mhor chuid de na Ruiseanaich fhein, ach dhe'n bheagan a tha iad a mealtuinn tha roinn mhor air àicheadh do

na h-Iudhaich. Tha riaghladh is sluagh na dùthcha a nochdadh gach naimhdeis a tha na'n comas dhaibh, agus ged tha iad mar sin a' cur an géill dhaibh nach eil iad air-son a bhi san aon dùthaich riutha, tha e gle dhoirbh do'n Iudhach faighinn air falbh. Cha 'n fhaigh e, ann an seadh, cead falbh no fuireach. Tha Breatunn an deigh ni a chur na'n tairgse a tha'n deigh an cridhe a thogail gu mor. 'S e sin roinn fhearainn a thoirt daibh ann an Africa anns an faigh iad saorsa 's tearuinteachd agus cothrom iad fein a riaghladh. Tha an tairgse so an deigh gluasad iongantach a chur annta, agus faodaidh e tachairt gu fàg an àireamh mhor dhiu Ruisia 's gu'n suidhich iad ann an tir ùr a gheallaidh fo thearmunn Bhreatuinn. Bha Iudhaich inbheach o chionn àireamh bhliadhnachan a' feuchainn ri còir fhaighinn air tir Phalestin o Shultan na Tuirce. Bha esan a cur dàil anns a ghnòthuch bho àm gu àm an dòchas gu'm b' ann mar a b' fhaide chumadh e iad bu mhò a gheibheadh e dh' airgid. Ach chuir Breatunn na clìchdean sin bun os cionn le fearann a thairgse dhaibh an cearn eile gu saor agus a nasgaidh. Bidh iadsan aig am bheil bàigh ri seann sluagh Israel a' cumail sùil fhurachail air a ghnòthuch ùr so, an dòchas gu'm faigh iadsan a bha air an geur-leanmhuinn cho goirt riamh o thuiteam Ierusalem àite-dìdein mu dheireadh thall anns am bi iad saor o gheur-leanmhuinn 's o fhòirneart an naimhdean.

Tha a mhor chuid de na h-Armenianaich fo riaghladh na Tuirce, ach tha àireamh mhor dhiu mar an ceudna ann an Ruisia. Tha iad air an droch chàramh anns an da dhùthaich—cha'n eil fhios có a's fhearr no's miosa dhaibh, am Mahometanach Turcach no'n Crìosduidh Ruiseanach. Cha sluagh iadsan a tha na'm fògarraich o'n tir fein mar tha na h-Iudhaich. Tha iad a chòmhnuidh an dùthaich an sinnsir ged nach eil iad fein o chionn iomadh linn na'n uachdarain oirre. Ach tha iad mar na h-Iudhaich toigheach air teicheadh o'n fhòirneart a tha ga'n sàrachadh, agus cha b' iongantach ged thigeadh tonnan mora dhiu a nall do America. Ma thig, nithear am beatha mar a's fhearr a ghabhas deanamh. Cha'n iad an sluagh a's freagarraiche air sìde 's air gnè na dùthcha so, ach ged nach iad, cha bhiodh e crìosdail no ceart an cumail air falbh. Cha bhuin an saoghal no cearna sam bith dheth do aon sluagh thairis air sluagh eile. Na'm buineadh bu chòir do na daoine geala dhol air ais do'n Roinn-Eorpa agus America fhàgail gu h-iomlan aig na h-Innseanaich, oir b' ann dhaibhsan a bhuineadh an dùthaich air tùs, ged is beag an cuibhrionn an diugh.

Thainig litir ugainn an oidhche roimhe a' faotainn coire do na thuirte MAC-TALLA mu Thamanidh anns an àireamh mu dheireadh. Cha'n eil àit againn dhi air an turus so, ach bidh i air a cur fa chomhair ar leughadairean anns an ath àireamh.

Cha bhiodh e iomchuidh feuchainn ri cunntas a chumail air gach ceannairc is rìgh-chuairt a tha 'gabhail àite ann an ceann a deas America. Ach bha aon dhe gach seors' ann o chionn ghoirid air an còir iomradh a thoirt. Bha ceannairc is rìgh-chuairt ann am Panama a tha 'g aobharachadh moran seanachais. Tha Panama air a suidheachadh air gach taobh de'n t-sligh'-uisge tha riaghladh nan Stàidean a gabhail os laimh a ghearradh eadar an da chuan mhor. Bhuineadh i

roimhe so do Cholombia. Dh' fheuch na Stàidean ri tighinn gu còrdadh ri Colombia a thaobh na sligh'-uisge, ach bha Colombia ag iarraidh barrachd airgid 's a bha na Stàidean toileach a phàidheadh, 's cha d' rinneadh an còrdadh idir. Thachair so mios no dha air ais, ach toiseach a mhios so thachair ni eile; dh' eirich sluagh Phanama an ceannairc an aghaidh Cholombia, an dùthaich d' am buineadh iad, agus chuir iad air chois riaghladh dhaibh fein. Gun dàil sam bith bhac na Stàidean do Cholombia an ionnsuidh bu lugha thoirt air an toirt fo chis a rithist; an ceann bheagan làithean rinn an dùthaich cheudna riaghladh ùr Phanama aideachadh mar riaghladh laghail, agus an ceann bheagan làithean eile rinneadh còrdadh ri Panama leis an d' fhuair na Stàidean air a prìs fein gach sochair is còir a chaidh a dhiùltadh dhi le Colombia. Tha Colombia mar sin air a fàgail ann an droch suideachadh; cha'n eil a dh' airgiod na h-ionmhas na phàidheas eadhon riadh a h-ainbheich; ach tha Panama ann an sògh 's am pailteas a mhaireas gus an teirig an t-airgiod a fhuair i bho na Stàidean. Ach ni a tha os cionn sin uile, an ni a reir gach barail bu mhàthair-aobhair do'n ghnothuch gu

[TD 82]

[Vol. 12. No. 11. p. 2]

h-iomlan, fhuair na Stàidean còir a dhol air adhart leis an t-sligh-uisge air prìs gle reusonta. Agus tha paipeirean is luchd-stàite na dùthcha sin a' feuchainn ris an an riaghlaidh fhìreanachadh fa chomhair an t-saoghail mar a's fhearr is urrainn daibh.

Tha cuideachd an Iaruinn a' cur mu dheidhinn cosdas na h-obrach a lughdachadh. Mu mheadhon a mhios bha eadar da cheud gu leth is tri cheud duine air an cur bhar na h-obrach, agus tha tuarasdail chàich ri bhi air an leagail. Dhiùsan a bha roimhe so a' cosnadh na bu lugha na sia ceud dolair 'sa bhliadhna, bheirear an deicheamh cuid dhe'n tuarasdal; dhiùsan a bha cosnadh eadar sia ceud is mlle dolair, bheirear an coigeamh cuid; agus dhiùsan a bha faighinn corr is mile dolair bheirear an treas cuid. Thig so gle chruaidh air an luchd-obrach aig an àm, ach cha'n eil teagamh nach feum a chuideachd fàs na's caomhnaich' air an cuid airgid na bha iad ma tha iad airson an obair a thoirt gu bhi pàidheadh. Cha'n eil teagamh nach robh iad roimhe so a cumail moran dhaoine air nach robh feum. Bha na <eng>bosses<gai> gu sonruichte lionmhor-ceannard air fhichead air an fhichead saighdear. Ged is dual do na tha tachairt an dràsda uireasbhuidh a chur air moran, tha e dh' aindeoin sin na chomharradh math agus bidh dùil ris an obair-iaruinn a bhi 'n ùine ghearr air bonn na's fhearr na bha i fhathast. Bidh an duil sin air a neartachadh gu mor leis an sgeul a thainig o chionn seachduin, gu bheil Mr. Graham Friseil ri bhi air a chur air cheann na h-obrach, duine tha'n deigh a chomas mar fhear-deanamh iarunn a dhearbhadh; duine mar an ceudna a bhuineas do'n dùthaich agus air an aobhar sin aig am bi barrachd déidh air an obair fhaicinn a soirbheachadh na b'urrainn a bhi aig coigrich.

Tha sinn a' creidsinn gu bheil deagh aobhar a bhi gearain air mar tha cùisean a Chomuinn Ghàidhenlaich air an cur air adhart. Cha'n e Aonghas Mac-Eanruig na aonar a tha ris a' ghearain. Bha gu leòr dheth ri fhaicinn an deigh a Mhòid mu dheireadh anns na paipeirean-naidheachd a thatar a' cur a mach 'sa Ghàidhealtachd. Cha'n eil e idir taitneach na h-aon fheadhain a bhi faighinn nan duaisean o bhliadhna gu bliadhna, agus tha e da-rìreadh na aobhar mi-mhisnich luchd-farpuis a bhi air fàs cho gann 's gu'm b' fheudar sia duaisean deuga a roinn air seachdnar. Chaidh duais eile thoirt seachad aig a Mhòd ann an dòigh a choisinn diumb nach bu bheag. Bha da choisir-chiùil a feuchainn cò 'b'fhearr air seinn òrain Ghàilig, aon a Inbhirnis is aon á Dundee. Bu luchd-labhairt Gàilig a mhor chuid dhiusan a bha'n coisir Inbhirnis, ach iadsan a bha'n coisir Dhundee cha robh Gàilig ac' idir. A dh' aindeoin sin fhuair iad an duais a b' àirde. Tha sinn fein dhe'n bharrail gu robh so cearr. Ma tha Ghàilig ri bhi air a cumail na 'cainnt bheò, 's ann leothasan a bhios ga 'labhairt a nithear e, agus bu chòir sin a thoirt fa-near an àm a bhi buileachadh nan duaisean ud. Cha mhor feuma do'n chainnt a ni iadsan a dh' ionnsaicheas beagan rann de dh' òran a sheinn an dòchas duais a chosnadh. Ma tha an seòrsa sin ri bhi toirt leotha nan duaisean, cha'n fhada gus an sguir iadsan aig am bheil eòlas tuigseach air a chainnt a dh' fheuchainn. Cha'n eil toil sam bith againn a bhi faotainn coire de luchd-riaghlaidh a Chomuinn Ghàidhealaich, no do na breitheamhan a tha toirt seachad nan duaisean. Tha sinn dearbh-chinnteach gu bheil iad a' deanamh mar a's fhearr a dh' fhaodas iad. Cha'n eilear ach a comharrachadh nan coireannan so an dòchas gu'm bi iad air an cur ceart. Mar tha na sean-fhacail ag radh: "Is tric a bha comhairl' an rìgh an ceann na h-òinid," agus "Is math an sgathan sùil caraid."

Tha moran ag amharc air-son taghadh pàrlamaid a bhi ann air a' gheamhradh so, ach gu ruige so cha'n eil cinnt sam bith gu'n tig e gus an suidh an tigh uair eile. Tha na <eng>Conservatives<gai> ag ullachadh thall 'sa bhos, ach tha na <eng>Liberals<gai> a' feitheamh gus am faigh iad fios cinnteach. Bidh cothrom na bruthach acasan co-dhiu, agus mar sin cha leig iad a leas gluasad cho tràth ri càch. Bha Mr. R. L. Borden anns an t-siorrachd air an t-seachduin so, 's labhair e aig coinneamh a bh' ann an Sidni oidhche Di-màirt, 's ann an <eng>Glace Bay<gai> oidhche Di-ciaduin. Bha an t-Onorach W. S. Fielding anns an t-siorrachd air an t-seachduin s'a chaidh, ag amharc thairis air caochladh obraichean a tha ri bhi air an cur air adhart air a bhliadhna tha tighinn.

<eng>ORWELL, E. P. I.<gai>—Tha cuideachd Airidh Orwell an deigh an samhradh a b' fhearr a chunnaic iad a chur seachad am bliadhna. Reiceadh na rinneadh de chàise an ceithir mìosan gu leth air \$9,346.00. Nuair theid gach cosdas a phàidheadh as an t-suim sin, bidh air fhàgail aca-san a bha deanamh gnothuich ris an ffactoridh 78 cts air-son gach ceud punnd bainne chuir iad ann. Bho'n choigeamh la deug de dh' October thatar a deanamh ime, agus tha'n t-ìm a reic air 21c. am punnd ann an tubaichean 's am bocsaichean, agus air 22c. na phacaidean puinnd. Re nan ochd bliadhna roimhe so bha luach

\$106,077.55 de dh' ìm 's de chàise air a reic leis a chuideachd so.

Bha fear Jeremiah Domhnullach air a mharbhadh eadar Sidni is mèinn an Reserve oidhche Di-domhnaich an coigeamh la deug de'n mhios. Ruith càr bha dol do Ghlace Bay thairis air, agus bha e air a ghrad mharbhadh. Bhà e na shìneadh air an rathad, 's e a reir coltais ann an cadał daoraich. Cho luath 's a chunnacas e chuireadh stad air a chàr, ach bha ì ro fhaisg air agus chaidh na cuibhleachan toisich thairis air a' gearradh a chuirp gu h-eagallach. Bhuineadh e do'n Mheinn a Tuath, far an robh e 'g obair: bha e na 'bhantraich agus dh' fhag e aon duine cloinne.

Chaidh fear Rob Howlett a mharbhadh ann an aon de mhèinnean Sydney Mines Di-sathuirne, an ceathramh la deug de'n mhios, le meall cloiche a thuiteam mu 'cheann. Thachair an sgiorradh 'sa mhaduinn agus chaochail e mu dheich uairean 'san oidhche. Nuair a thuit a' chlach air chaidh a phiocaid troimh 'cheann agus bha 'eanachainn air a goirteachadh. Bha e deich bliadhna fichead a dh' aois, agus bhuineadh e do Dhurham, an Sasunn, far am bheil triùir pheathraichean is dithis bhràithrean dha a fuireach.

Bha stoirm shneachd againn an so seachduin gus an Di-luain s'a chaidh. Bha e 'sileadh a chuid mhòr de'n mhadainn, ach cha robh e fada leaghadh. Cha b'e so a' cheud shneachda chunnacas an so air an fhoghar so, ach b'e so a' cheud latha air an robh fìor choltas a gheamhraidh. Shil moran a bharrachd anns na roinnean an iar oirnn; ann an ceann a tuath New Brunswick bha mu shia òirlich de shneachda air an làr tràth 'sa mhios.

Tha pàrlamaid Nobha Scotia ri bhi cruinn beagan làithean air an ath mhios, a' fosgladh air an treas latha. 'Se 'n gnothuch a tha 'g aobharachadh so an sgaradh a tha ri bhi air a dheanamh eadar cuideachd an Iaruinn 's cuideachd a' Ghuail. Thatar air-son sin a thoirt gu crìch gun dàil, agus cha ghabh e deanamh gun chead o'n phàrlamaid.

Air a bhliadhna 'n uiridh bha 227,065,000 tunna guail air a chur a mach á mèinnean Bhreatuinn; á mèinnean nan Stàidean, 268,689,000 agus a mèinnean na Gearmailt, 197,436,000. Nach suarach dha no tri mhilleinean Cheap Breatuinn an taca ris na h-àireamhan sin.

EOBHAIN BAN MAC AN T-SAIDHDEIR.

LE SEUMAS N. MAC FHIONGHAIN.

CAIB. XIX.

SEALLADH EILE AIR AN OSDAIR DHUBH-TRIOBLAIDEAN AGUS DILSE MAIRI.

IS tìm dhuinn a nis sealltainn air-son cinn pàirt de na snàthleinean a chaill sinn o chionn fada, agus an tarruinn suas 's an deilbh, mu 'm bi tuill neònach ann an àm a leigeil bhar a chroinn. Dh'fhàg sinn, ma ta, snàthlein bhuainn, a bha gu math, snaimeach, taogagach,

agus is cinnteach a tha mar sin fhathast, oir an car a th' anns an t-seana mhaide is doirbh a thoirt as, ann an Osdair Dubh Ghlinn Duibhre.

Chaidh cùisean leis an Osdair Dhubh fìor mhath o'n a chunnaic sinn mu dheireadh e, agus tha 'nis, mar a bhios aig uaislean eile, da dhachaidh aige. Fhuair e stigh air na daoine mora aig an robh oighreachd a' Bheallaich air an làmhan, agus 's e thainig as a chùis gu 'n d' fhuair e bhi na mhaor thairis air an àite gus an rachadh a reic. Bha 'n t-Osdair fìor thoilichte faighinn a gèimhlean Chaiplean Adam, agus bha e 'cheart cha toilichte mar a fhuair e cuibhtean Eóbhain bàn mac an t-saighdeir, air an robh e 'g amharc cuideachd mar fhìor nàmhaid. Is iomadh adharc shearbh mar sin a thràigh e air a shlàinte fhein an cuideachd Uilleam, agus is iomadh greim mor brosgail a chur Uilleam na 'bheul aig na h-amannan so, le bhi ga 'mholadh 's ga 'shliobadh 's ga 'phlapadh, oir le 'fhéin-fhiosrachadh b'e so am biadhadh a b' fhearr a bha pàidheadh dha an uair a bhiodh e 'g iasgach brandaidh a charaid. Ann an aighear grìsionn mar so bhiodh iad a' cur seachad na h-ùine, uair 'sa mhuileann dubh 's uair aig a bhaile.

Ach am meadhain so cha do rinn an t-Osdair Dubh idir dearmad air 'fhearg a dhùsgadh agus a beothachadh le connadh a dhroch rùin fhein an aghaidh màthair bhochd Eobhain bhàin agus Màiri bheag dhìleas. Mu 'n d' fhuair e cumhachdan leis an rachadh aige air a thoil a dheanamh, dh' ullaich e 'n t-slighe, agus b'e 'theanga phuinnseanta 'thàinig uca leis a bhrath thruagh gu 'n d' fhuaradh bàta beag Eobhain air a' chladach, 's gu 'n robh e fhein gu cinnteach air a bhàthadh. Thug e mar so, bha e 'smaointinn, a bhuille bhàis do 'n bhantraich bhochd. Agus air eagal 's gu 'm faigheadh i an gath a b' fhaoine de dhòchas, ann an riochd litreach o 'mac, fhuair e 'phostachd do dh' Uilleam dearg, agus mar sin bha litrichean Eobhain a tighinn gu crìch aithghearr na 'chrògan dubha, cnàmhach fhéin. Cha 'n fhóghnadh so leis an daoi; ach cho luath 's a fhuair e ùghdarras maoir thairis air oighreachd a' Bheallaich, dh' fhuadaich e na deòiridh thruagh a mach do bhothan dìblidh, aonaranach, an uaigneas nam beann, oir bha iad a nis ann am bàs Eóbhain, dh' innis e dhaibh, air an còir a chall air an dachaidh 'san Dùn, oir cha robh ainm na bantraich idir 'san sgrìobhadh, ged a bhatar ga 'ciallachadh 'sa chòir a fhuair iad an tùs air an àite. Mar sin b' fheudar an t-seann nead clùthmhor fhàgail, 's air an cuideachadh le nàbaidh truacanta no dha, dh' fhàgadh na faondraich thruagha aig toll dorus a bhothain bhochd 'sa bheinn air an fheasgar, 's an t-uisge 'dòrtadh na thonnan 's bruansgal nan tàirneanaich ga'n cuairteachadh agus solus clis nan dealanach a nochdadh dhaibh na sgair aognaidh a bha ga 'n cuairteachadh an aodann na beinne 'san àit' ùdlaidh. Nam biodh deasbud ri 'togail feuch co-dhiu a b' fhearr taobh am muigh no taobh a stigh a bhothain so mar àite fasgaidh, 's e na bhiodh ri ràdh am

[TD 83]

[Vol. 12. No. 11. p. 3]

fàbhar an taobh a stigh gu 'n robh na ballachan a deanamh beagan fasgaidh, ach troimh 'n mhullach bha 'n t-uisge 'steach mar a bha e 'muigh—ach cha b' ann idir, ged thuirt mi sud, oir am muigh gheibhteadh glan e.

Leis a h-uile rud a bh' ann cha b' ioghnadh ged a bhristeadh slàinte na bantraich bhochd—slàinte nach robh ro mhath o'n dh' fhàg a companach i a' caoidh a chrìch roimh 'n àm. Air lamhan òga Màiri dh' fhàs i gu lag, tinn, mu 'n do thàrr càch a fàgail, agus b'e cheud ghnìomh a rinn a chaileag mhaoth, threun—inntinneach, an deigh a faighinn cho comhfhurtaile 's a b' urrainn dhi, a dhol do mhullach a bhothain, agus leis gach ni a thigeadh gu laimh feuchainn ri chalcadh gus e bhi dìonach os cionn na té 'bha tiun. Cha robh an so ach toiseach tòiseachaidh trioblaidean Màiri, oir, an ùine ghearr, thòisich a stòr air fàs beag, cho crìon 's gu robh na bha tighinn as, 's an ceann da sheachdain cha robh 'sa chlàsaid bhig de bhiadh na dheanadh tri tràthan.

Bha nis a' bhantrach air fàs beagan na bu treise, ach, mo thruaighe! chuir na trom bhuillean a fhuair i a reusan 's a ciall air seacharan, ga 'fàgail neo-lochdach gun teagamh, ach gun chomas air ni a dheanamh gus i fhein a chumail beò. Bha so buille throm eile bha fìor chràiteach le Màiri, agus gu h-àraidh air dhi a bhi cluinntinn a bana-charaid aosda, na 'cadal 's na dùsgadh, a bruidhinn daonna air Eobhain bàn, agus dùil aice ris dhachaidh gach mionaid, 's gu 'n e, ma b' fhìor, ach ag iasgach. Dh' éireadh a' bhean bhochd le dealas gach feasgar, 's chuireadh i a' phoit bheag air an teine, ag ràdh, "Coma leat, a Mhairi, a luaidh! Bidh iasg ùr againn gun dàil! Thig Eobhain an ceart-uair is eallach math aige mar is àbhaist!"

Cha robh 'chaileag fada na 'tàmh gun chur mu dheidhinn feuchainn ri 'n lòn a chosnadh, ach bha e doirbh, doirbh, agus ged a fhuair i mosgaid earbsach Eobhain bhàin 's ged a bha i math air a cùl, cha robh sealg ceadaichte no freagarrach 'san àm. Bhiodh daoine truacanta 'tairgse bidh dhi mar dhéirc, ach cha leigeadh a nàdar glan leatha 'ghabhail; bha i smaointinn gu 'n tachdadh a' cheud ghreim i dhe 'n t-seorsa, fhad 's a rachadh aice fhein, leis a bheagan obrach a bha i 'deanamh na uairean do chàch, air an coluinn 's an anamannan le chéile 'chumail cuideachd.

Mar an ceudna thàinig barrachd is aon òganach ga 'h-iarraidh ri 'pòsadh, agus, arsa fear dhiubh so rithe: "Bidh dachaidh chomhfhurtaile agad, 's gach ni dh' fheumas tu; ach cha ghabh mi, tha thu tuigsinn, gnothuch ris a chaillich. Agus cha 'n 'eil mi idir a tuigsinn c'ar son nach fhad a thug thu suas i do dh' àite 'ghabhadh cùram dha leithid, 's i cho cèrr 's a cheann 's a bha Mac-Eoin 's na casan."

Mar a dh' fhaodar a thuigsinn fhuair am fear so 's a sheorsa an aon fhreagairt o Mhairi, agus an cur air falbh le cuileag bheag na'n cluais gu margadh eile le 'n tairgse. Agus ged a thàinig aon a ghabhadh Màiri, 's mar thuirt e fhein, leth-dusan cailleach leatha, agus a bheireadh dachaidh mhath, sheasgair dhaibh, cha 'n

aontaicheadh a cridhe leatha 'thairgse ghabhail, na bu mhò, cho caoimhneil 's gu 'n robh e. Mu dheireadh dh' fhàgadh i na h-aonar gus a batail a chur le spionnadh a da ghàirdean mhaoth fhéin, agus le misneach na 'h-aghaidh nach robh i idir a faireachdainn, chaidh i air beulaobh iomadh coimheach cruaidh a dh' iarraidh obrach gus a lòn a chosnadh. Mar bu trice bhatar ga 'tionndadh air falbh le suarachas, agus iomadh uair thionndaidh i air falbh gu clis, le 'meòirean na cluasan, o thairgseachan bu mhiosa na 'n tàir a bha càch a nochdadh dhi. Ach bha iomadh fìor Chrìosdaidh a tachairt rithe a bha deanamh an dichill gus a cuideachadh, le obair a thoirt dhi ri dheanamh, ach bha iad so mar bu trice bochd, agus gu math eòlach, le féin-fhiosrachadh cruaidh, air fiacail bhiorach, spìolach na gorta.

Air aon fheasgar anmoch bha Mairi a tilleadh dhachaidh le ceum fann, gun obair, gun bhiadh, an déigh a bhi fad an latha 'siubhal rathad garbh monaidh. Cha do dh' fhàg i 'sa bhothan ach beagan bidh, agus mar sin dh' fhàg i, mar a rinn i iomadh uair, gun ach gann blasad air, ga 'fhàgail aig a bhantraich bhochd, air eagal 's nach biodh buaidh leatha air a turus. Cha robh i mar so a leigeil dìth air a bana-charaid, ged a bha 'gruaidh òg fhéin a nis air fàs gu tana, bàn; ach bha i gach àm gu subhach a dol mu 'h-obair, a seinn mar smeòraich, 's a fàgail 's a tighinn gu 'dachaidh dhìblidh le gàire air a bilean. Ach air an latha so chinn na dàin ro ghruamach buileach glan. Fann le cion bidh, 's iomadh uair a sheas i aig bonn stùc, ga 'faireachdainn fhein toileach toirt suas, 's i fhein a leigeil sìos gu fois gu bràth, an t-eallach trom so a leigeil gu làr, 's gun i comasach dìreadh na b' fhaide. Ach chuimhnicheadh i air Caraide nan deòiridh 's nan dìlleachdan agus bheireadh i ionnsuidh bhuadhmhor eile fo stiùireadh a ghàirdean threun aig a bheil gach aon fo chùram. Bha i mar so a' dìreadh air an fheasgar so, a dol ma seach le laige 's a suidhe tacan air bàrr gach bearraidh a chruinneachadh neart a bheireadh pìos eile air adhart i. Air dhi a bhi na 'suidhe mar so air bàrr bearraidh a bhuannaich i, chual' i gu soilleir cuideiginn a caoineadh gu goirt air an laimh dheis a measg nan creag. Gu nàdarra ghabh i car de dh' eagal 's de dh' fhiamh, oir bha leithid a chluinntinn gle mhi-nàdarra na leithid de dh' àite aonaranach, is dh' éisd i tacan's i air chrith, feuch an cluinneadh i rithist e. Thàinig an ùine ghearr air soirbheas fann an fheasgair an caoineadh goirt a rithist, agus air an turus so dh' fhalbh gach fiamh is eagal, oir thuig i gu 'n robh co-chreutair truagh an airc, na bu mhiosa, is docha, na bha i fhein. Dhi-chuimhnicheadh Màiri daonnan a trioblaidean fhein an trioblaidean dhaoin' eile, agus cho cruaidh 's gu'm biodh a h-airc, b'e 'miann làmh-chuideachaidh a thoirt do gach aon air an tigeadh i tarsuinn air a slighe na fheum. Le 'neart air ùrachadh le deagh rùn is toil, ghabh i sìos, agus fo sgàth creige chunnaic i, an glaise na glòmanaich, coltas boirionnaich òig 's a lamhan fo 'ceann, air i fhein a leigeil suas gu tùirse 's bròn dian. An ath mhionaid leum Mairi air adhart 's rug i na 'gàirdeanan oirre; oir 'san t-seacharan thruagh so dh' aithnich i Una dhonn a phìobaire, ach O, cho atharraichte! Cha robh moran samhlaidh aice so, le 'pearsa chaithte 's le 'h-aogas tana, glas, ris an Una a b' aithne dhi 'n tùs-gràinne-mullaich òighean an àite.

“O, Una, Una,” arsa Mairi, ‘s a deòir a measgadh le deòir a bana-charaid, “dé tha cearr? dé dh’ éirich dhut? no dé chuir na leithid so a dh’ àit’ thu mu ‘n àm so?”

Le guth briste dh’ innis Una mar a dh’ éirich dhi, o’n a chunnaic sinn i mu dheireadh aig dorus bothan an iasgair. Ghabh teaghlach an iasgair cùram dhi gus an d’ fhàs i na bu treise; ach fhuair bean an iasgair a mach co i agus mar a dh’ éirich dhi o bhana-choimhearsnaich a thàinig ga ‘h-amharc. A bhàrr air a sin thug bean an iasgair an aire gu ‘n robh Coinneach a mac air fàs gle dhéigheil a bhi stigh o’n a thàinig Una fo na cabair. Thug so oirre, mar chirc an aon isein, na h-itean a thogail gu colgarra, agus Una bhoichd a chur, le iomadh facal sgeigeil agus ailiseach, a mach air an dorus, air aon fheasgar iunnraiseach dhe ‘n t-saoghal fhuar. Gu nàdarra thug i ‘h-aghaidh air a màthair, ach an uair a rainig i na ‘h-éiginn, fhuair i dorus glaiste ‘s fàrdach fhuar, lom air a coinneamh. Agus fhuair i mach o sheann eòlach nach do dh’ aithnich i, gu ‘n dàinig seann fhear air choireiginn, aig an robh eòlas air a màthair na òige, ‘s gu ‘n do phòs iad gu bog, balbh, ‘s gu’n d’fhalbh iad air an aon latha ‘s nach robh fios aig duine c’àite. Mar so bha ‘n sràbhlein mu dheireadh thun na shìn i làmh air a fàgail, ‘s an saoghal tarcuiseach aice ri shabaid da rìreadh. Cha deanadh caoidh a ghàire ‘rinn i ‘n uiridh feum, ged a bha i ris gun lasachadh; agus cha robh mar an ceudna aice ach inntinn leam leat riamh, gun chomas air stéidhe no bonn seasmhach a chur fo aon dhe na beairtean a bha i nis a deilbh na ‘h-inntinn gus a h-aran làitheil a chosnadh. Gun cheann-uidhe sonraichte sam bith na ‘h-aire, ghluais i air falbh air dhi an naigheachd so a chluinntinn, oir cha d’ fhuair i cuireadh o aon ‘sa bhaile fuireach, agus thug i ‘h-aghaidh air a mhonadh air-son a dhol taobh air choireiginn, bha i coma c’àite, ach gu ‘n robh Bail’-an-Iubhair a tighinn na h-aire na bu trice na àit’ eile.

B’e so rùin an robh i, ‘s i air an rathad gu tur a chall, an uair a thachair i air Màiri, agus bu mhor a toileachadh agus bu bhlàth an fhàilte chuir i oirre, agus b’ fhialaidh an cuireadh a thug i dhi gu ‘dachaidh dìblidh gus pàirteachadh an toradh crìon a saothair fhein. Gu subhach, aotrom, gun chuimhn’ air coimhiche dhòrainneach a latha, chuidich i ceumannan mall Una thun a bhothain, agus bha i fad na slighe a feuchainn ri chur air shùilean do dh’Una cho fìor fhaoin ‘sa bha an trioblaidean, ‘s mar a dh’ fhaodadh iad a bhi moran na bu mhiosa, ‘s an sin le gàire thionndaidh i am brat duaichni gus a shealltainn gu ‘n robh ma b’ fhìor lìnig bòidheach air ri chùl, thun an tigeadh iad na ‘m biodh iad cho foighidneach ‘s gu ‘n caitheadh iad an còrr le dìlse mar a dh’ òrdaich Dia. Air thàille nan oidhirpean so bha Una gu sunndach ‘nuair a rainig iad dorus a’ bhothain, a bha nis na ‘dhachaidh cho taitneach ‘s a b’ urrainn da laimh Màiri a dheanamh.

An oidhche sin bha Una gu tinn, agus fad da sheachdain na dhéigh bha i gun chomas i fhein a chuideachadh, agus bha Màiri ga ‘frithealadh fad na h-ùine le gaol a bha os cionn gaol peathar. Fhuair a nis daoine ‘mach cho fìor mhath ‘sa bha i air a lamhan, agus thug iad

cothrom dhi rud a chosnadh a bha ga 'cumail fhéin 's an dithis a bha 'sealltainn ri saothair beò.

(Ri chrìochnachadh 's an ath aireamh.)

ROBINSON CRUSOE.

CAIB. IV.

MAR a dh' ainmich mi mar tha, b' e mac an sgiobair an companach a chomhairlich dhomh a dhol gu muir, agus a chuidich gus mo chridhe a chruadhachadh; ach cha robh e nis cho dalama 's a b' abhaist dha. Bha sinn da latha, ar neo tri, ann a' Yarmouth mu 'n do thachair mi-fhin 's e-fhein ri cheile; o 'n a thachair nach robh sinn a' fuireach faisge air a cheile. Mar a thubhairt mi, a' cheud latha 'chunnaic mi e, cha robh e idir cho bragail 's a b' abhaist dha; bha a ghuth agus a choltas a' nochdadh gu 'n robh e fad' o bhith toilichte. An uair a dh' fheoraich mi dheth cia mar a bha e, chrath e a cheann.

Dh' innis e dha athair co mi, agus gu 'n do ghabh mi an turus-cuain ud gus mi-fhin a chur fo dhearbhadh mu'n rachainn air turus do na rioghachdan thall.

Thionndaidh 'athair rium, agus coltas gle smaoinichail air 'aghaidh, agus ann am briathran durachdach, thuirt e: "Ille oig, cha bu choir

[TD 84]

[Vol. 12. No. 11. p. 4]

dhut a dhol gu muir gu brath tuilleadh; bu choir dhut an gabhadh so anns an robh thu a ghabhail mar chomharradh cinnteach, soilleir nach 'eil thu ri bhith caitheamh do bheatha aig muir."

"C'ar son, le 'r cead?" arsa mise: "An teid sibh fein gu muir gu brath tuilleadh?"

"Is e tha 'n sin ceisd eile," ars' esan; "is e bhith aig muir mo ghairm laghail-sa, agus air an aobhar sin, mo dhleasdanas. Ach o 'n a ghabh thusa an turus so gus thu fhein a chur fo dheuchainn, tha thu nis a' faicinn gu 'n d' thug am Freasdal faireachadh dhut mu dheidhinn ciod a tha gu tachairt dhut, ma chuireas tu romhad a dhol air aghart mar a tha thu 'deanamh. Is docha gu 'n do thachair am mi-fhortan so gu leir dhuinn air do shaillibh, coltach ri Ionah anns an luing a bha 'dol gu ruige Tarshish. Innis dhomh, guidheam ort, ciod e do shuidheachadh, c'ar son a chaidh thu gu muir?"

An uair a chuala mi so dh' innis mi dha cuid dhe mo naigheachd; agus an uair a chuir mi crìoch air na bh' agam ri radh, labhair e rium ann an corruich a chuir iognadh orm agus thuirt e: "Ciod a rinn mi

an uair a leig mi le creutair cho suarach mi-shealbhach riut a dhol air bord do 'n luing agam? Cha chuirinn mo chas anns an aon luing riut a rithist ged a bheirteadh dhomh mile punnd Sasunnach."

Mar a dh' ainmich mi, bha corruich air, agus bha 'inntinn gu mor troimh a cheile an deigh dha an long 's an luchd a chall, agus mar sin labhair e briathran nach bu choir dha a labhairt.

Ach air a shon sin labhair e rium 'na dheigh sid gu ciuin, durachdach, agus chomhairlich e dhomh tilleadh dhachaidh gu taigh m' athar, agus gun mi fhin a chur a dhith le bhith dol air aghart ann an cursa a bha gu soilleir an aghaidh toil an Fhreasdail. Thuirt e rium gu 'm faodainn fhaicinn gu soilleir gu 'n robh lamh an Ti a bha riaghladh air neamh 'nam aghaidh. "Agus a dhuin' oig," ars' esan, "mur till thu dhachaidh, faodaidh tu a bhith cinnteach, ge b' e air bith aite do 'n teid thu, nach tachair dad sam bith riut ach mi-fhortan agus mealladh, gus an coimhlionar na labhair d' athair mu d' dheidhinn."

Dhealaich sinn ri cheile beagan 'na dheigh sid, oir cha d' thug mi freagairt sam bith dha, agus cha 'n fhaca mi riamh tuilleadh e, agus cha 'n 'eil fhios agam cia mar a thachair dha.

Do mo thaobh fhin, o 'n a thachair airgid a bhith 'nam phocaid, choisich mi gu ruige Lunnainn; agus am feadh 's a bha mi air an rathad, agus an deigh dhomh Lunnainn a ruighinn, bha stri laidir a' dol air aghart 'nam inntinn a thaobh ciod an cursa beatha a b' fhearr dhomh a leantuinn, agus co dhiubh a b' fhearr dhomh tilleadh dhachaidh na dhol gu muir.

A thaobh a dhol dhachaidh, chum an naire buileach glan air ais mi, ged a bha mo chridhe agus m' inntinn ag iarraidh orm tilleadh dhachaidh gun dail. Thoisich mi anns a' mhionaid ri smaointean air mar a bhiodh na coimhearsnaich a' magadh orm, agus mar a bhiodh naire orm cha 'n e mhain a dhol an lathair m' athar 's mo mhathair, ach mar an ceudna an lathair a h-uile neach aig an robh eolas orm.

O 'n uair ud smaoinich mi gu tric air cho neo-shuidhichte agus cho mi-reusanta 's a tha nadar dhaoine, gu h-araidh na daoine oga, a thaobh mar bu choir dhaibh iad fhein a ghluasad anns an t-saoghal. Cha 'n 'eil naire sam bith orra peacadh a dheanamh, agus gidheadh tha naire orra aithreachas a dheanamh; cha 'n 'eil naire orra gnìomharan a dheanamh air son am faoidte amadain a radh riutha; ach tha naire orra tilleadh air ais o 'n obair amaideach a rinn iad, ged is e so an aon doigh air am meas mar dhaoine glìce.

Ach air a shon sin, dh' fhan mi anns an t-suidheachadh-inntinn so car uine, agus mi gun fhios agam ciod an ceum bu choir dhomh a ghabhail, no ciod an doigh anns am b' fhearr dhomh mo bheatha 'chaitheamh.

Bha m' inntinn a' fas na b' fhaide 's na b' fhaide ann an aghaidh tilleadh dhachaidh. Agus mar a bha 'n uine a' dol seachad, bha 'n deuchainn agus an cunnart anns an robh mi air an fhairge a' dol beag

air bheag as mo chuimhne; agus air an aobhar sin, bha mi a h-uile latha dol na bu lugha smaointean air tilleadh dhachaidh. Mu dheireadh thall leig mi an gnothach as mo chuimhne buileach glan, agus bha suil am mach agam air son luinge air an gabhainn turus-cuain eile.

An cumhachd uilc ud a thug orm an toiseach falbh a taigh m' athar, agus a bhrosnaich mi gus a dhol a shiubhal an t-saoghail agus a dh' iarraidh an fhortain; a lion mi cho mor le fein-speis 's gu 'n d' thug mi cluas bhodhar do gach comhairle agus earail mhath a thug m' athair agus muinntir eile orm; thug a' cheart chumhachd so, tha mi 'g radh, orm m' inntinn a shuidheachadh air a dhol air turus cho mi-fhortanach 's a b' urrainn a bhith; agus chaidh mi air bord ann an luing a bha 'dol a sheoladh gu ruige corsa Africa, no, mar a theireadh na seoladairean gu cumanta, air turus gu ruige Guinea.

Mar a bha am mi-fhortan an dan dhomh air a h-uile turus air an d' fhalbh mi, an aite falbh 'nam sheoladair far an faodainn marachd ionnsachadh, ged a bhitheadh obair chruaidh agam ri dheanamh iomadach uair, agus far am faodainn air a' cheann mu dheireadh tighinn gu bhith 'nam mhet no 'nam sgiobair air luing, is ann a roghnaich mi doigh bu mhiosa. O 'n a bha airgid 'nam phocaid, agus aodach math air mo dhruim, b' fhearr leam an comhnuidh a dhol air bord ann an eideadh agus ann an suidheachadh duin' uasail. Agus air do 'n chuis a bhith mar so, cha robh gnothach sam bith agam ri dheanamh anns an luing, agus cha mho na sin a dh' ionnsaich mi gnothach sam bith a dheanamh.

Thachair dhomh anns a' cheud dol am mach eolas a chur air deadh chompanaich ann an Lunnainn. Is ainneamh a tha so a' tachairt do dhaoin' oga, fuasgailteach, gun stéidhe, mar a bha mise aig an am ud. Mar is trice cha dean an droch spiorad dearmad air droch lion a sgaoileadh gu math trath fa chomhair mo sheorsa; ach gu fortanach cha do thachair so dhomhsa.

B' e a' cheud dhuine air an do chuir mi eolas sgiobair luinge a bha roimhe sid air corsa Ghuinea agus o 'n a shoirbhich a gnothach gu math leis, bha e suidhichte gu 'n rachadh e ann a rithist. Ghabh e tlachd dhe m' chomunn 's dhe m' chomhradh-sa, nach robh idir mi-thaitneach aig an am ud. Agus an uair a chual' e mi 'g radh gu 'n robh toil agam cuid mhor dhe 'n t-saoghal fhaicinn, thuirt e rium nam falbhainn comhladh ris nach cosgadh mo thurus dad dhomh. Thuirt e gu 'm faighinn mo bhiadh comhladh ris fhein, agus gu 'm bithinn 'nam chompanach aige; agus nan tugainn rudan sam bith leam gus malairt a dheanamh leotha, gu 'm biodh a' bhuannachd a dheanainn leis a' malairt agam fhin; agus gus an tuilleadh misnich a thoirt dhomh, thuirt e gu 'm faodadh gu 'n soirbhicheadh an gnothach leam gle mhath.

Ghabh mi an tairgse so, agus dh' eirich dluth-chairdeas suas eadar mi-fhin 's an sgiobair so. Bha e 'na dhuine treibhdhireach, onarach, anns gach gnothach a bhiodh aige ri dheanamh. An uair a dh' fhalbh mi comhladh ris, thug mi leam luach da fhichead punnd Sasunnach dhe na rudan a shaoileadh an sgiobair a b' fhearr a phaigneadh dhomh.

Chruinnich mi an t-airgiod so le cuideachadh mo chairdean a dh' ionnsuidh an robh mi 'sgriobhadh; agus, tha mi creidsinn, gur e m' athair, ar neo mo mhathair, a thug dhaibh e gus a chur g' am ionnsuidh.

B' e so an aon turus a shoirbhich leam dhe na h-uile turus air an deachaidh mi. Agus is coir dhomh a thaing sin a thoirt do mo charaid, an sgiobair. Fhuair mi moran fiosrachadh uaithe mu thimchioll sgoil-mhara. Theagaisg e dhomh mar a chumainn cunntais air cursa na luinge, mar a ghabhainn beachd air aghaidh mara 's tire, agus air aghaidh nan speur, agus, a dh' aon fhacal, fhuair mi eolas uaithe air iomadh rud air am biodh e feumail do sheoladair beachd a ghabhail; oir, o 'n a bha e fhein a' gabhail tlachd ann a bhith 'g am theagasg, ghabh mise tlachd ann a bhith 'g ionnsachadh. Agus faodaidh mi a radh gu 'n d' rinn an turus so araon seoladair agus marsanta dhìom. Thug mi dhachaidh coig puinnnd agus naodh unnsachan de smurach oir, agus an uair a reic mi ann an Lunnainn e, fhuair mi tri cheud punnd Sasunnach air a shon. Thog so a leithid de mhiann laidir annam an deigh saoihbheis 's gu 'n do chuidich e leis gach truaighe agus mi-fhortan a thainig 'nam rathad o 'n uair ud. Ach eadhoin air an turus so thainig mi-fhortan 'nam rathad. Bha mi tinn mar bu trice. Ghabh mi teasach a dh' eirich o 'n teas anabarrach mor a tha 'n comhnuidh anns a' chearn ud dhe 'n t-saoghal; oir bha sinn a' reic 's a' ceannach aig corsa Africa faisge air meadhain an t-saoghail, aite cho mor teas 's a tha fo 'n ghrein.

(Ri leantuinn.)

LITIR AS NA H-EILEANAN COILLE.

A CHARAID IONMHUINN,—Is fhad' o'n a thug mi ionnsuidh air facal no dha a chur ugad, ach bhiodh daonnan ni éiginn a tighinn 'san rathad, agus facal anns an inntinn ag ràdh gu 'm biodh cothrom na b' fhearr uair eile. Ach air dhomh cuimhneachadh air an t-seanfhacl, "An rud anns an teid dàil theid dearmad," thòisich mi, cha 'n e gu bheil sùil sam bith agam ri duais, a chionn cha choltach gu 'n dig mise suas ri moran dhe ar co-sgrìobhadairean.

Tha mi faicinn gu 'n d' fhuair mo dheagh charaid C. C. agus Peigidh Phabach duais, agus gu dearbh saoilidh mi gur math a choisinn iad e. Cha 'n 'eil fios agam co i Peigidh Phabach; ach saoilidh mi air na litrichean gu bheil i (no e) glé laghach air cùl a phinn. Ach na 'n canteadh Peigidh Phabach rithe 'n clàr an aodainn, cha 'n 'eil fios agam an taitneadh e rithe na 's mò na na Peigidhean a th' agam fhìn. Na 'm biodh duais air son an sgrìobhadair a's sinne a tha sgrìobhadh do 'r n-ionnsuidh bhiodh sùil agam ris, ach o nach 'eil feumaidh sinn fuireach samhach.

Cha 'n 'eil dad a naigheachdan ùr agam fhìn ann; tha mi air mo bhódhradh le Beurla, agus tha sin ga mo chur bhar mo shiùil. Agus rud eile a tha cur dragh orm, gu bheil e air tur fhairleachadh orm tuilleadh ainmean ùr fhaotainn air son MHIC-TALLA. Cha 'n e nach 'eil pailteas de shliochd nan Gaidheal timchioll orm, ach 0, their

iad nach urrainn iad a leughadh. Saoilidh mi nach 'eil an sin ach lethsgheul gle bhoichd. Ach coma có dhiubh, tha dòchas agam gu 'n tig MAC-TALLA cho riaghailteach agus a bha e 'n tùs a làithean, agus gu 'm bi na litrichean na 's lionmhoire ann. Tha mi 'g ionndrainn moran de na deagh sgrìobhadairean a b' àbhaist a bhi cho cuimhneach air.

Tha mi a' cur òran beag do 'r n-ionnsuidh agus bhithinn toilichte na 'n cuireadh sibh an clò e. Bha e air a dheanamh le Dòmhnall Ruadh Mac-

[TD 85]

[Vol. 12. No. 11. p. 5]

Fhionghain, a mhuinntir na Morairne, air dha a bhi ann an tigh-eiridinn ann an Glascho, far an robh dùil ri e 'dhol troimh laimhseachadh dhotairean. Ach a réir coslais cha do cheadaich e dhaibh sin a dheanamh, agus chaidh a thoirt as an tigh-eiridinn do Mhuile, far an do chaochail e aig aois ceithir bliadhna fichead.

LUIÑNEAG.

Och, och, mar tha mi 'n so na m' ònar,
Am measg nan daoine' air nach 'eil mi eòlach:
Cha chluinn mi 'Ghàilig, 's cha tuig mi 'n càinain,
'S mur faigh mi fhàgail gu 'm fàs mi gòrach.

'S mi 'n seòmar cianail nan leaban iaruin,
'S nan uinneag sgiathach 'san lionmhor lèsain;
'S i so a bhliadhna a rinn mo liathadh,
'S ma bheir mi mìos ann cha 'n fhiach mi m' fheòrach.

Tha bodaich bhrùideil air bheagan tùir ann,
Gu cladhach ùrach 's a bhùrach dhòirneag,
Nach iarr de shuaimhneas ach caibe 's sluasaid,
'S 'bhi cur an t-sluaigh anns an uaigh na'n dòrlach.

Ma thig am bàs orm mu 'n dean mi fhàgail,
Cha 'n iad mo chàirdean a bhios ga m' fheòrach;
Gu 'n guidhinn pàirt diubh a bhi làimh rium
A thoirt mo chnàmhan do 'n àit' is còir dhaibh.

Tha lighichean gun àireamh a gabhail tàmh ann,
A theid neo-sgàthach an dàil gach seòrsa:
Cha teich am bàs roimh 'n cuid sgeanan stàilinn,
'S a dh' aindeoin plàs bheir am bàs a chòir leis.

Am bàta luath 'thug a stigh do Chluaidh mi,
'S a thug mu 'n cuairt mi thar maol na h-Òa,
Ghuidhinn buaidh oirre 'shiubhal chuantan,
Is saoghal buan do na bheil ga seòladh.

Bheir beannachd uamsa thar thonnann uaibhreach
A dh' fhios na gruagaich a bhios ga m' fheòrach;

'S e fàth mo chruadail a bhi ga m' fhuadach
A tìr nam fuar-bheann 'san d' fhuair mi m' àrach.

Tha mi a' cur dolair anns an lùtir so. A guidhe soirbheachadh math
dhuibh. Is mi le deagh rùn 'ur caraaid dìleas
SEUMAS A. MAC GILLEMHAOIL.
Ceud mios a gheamhraidh, 1903.

SEARMON AIRSON NA H-OIGRIDH.

"As eugmhais creidimh, cha 'n 'eil e 'n comas a thoileachadh."—Eabh.
xi. 6.

IS i an fhìrinn 'tha nis fo ar beachd, nach 'eil e comasach Dia a
thoileachadh as eugmhais creidimh. Feuchamaid so a shoilleireachadh
mar a's fhearr a dh' fhaodas sinn. Mu 'n téid sinn air ar n-aghart
na 's fhaide, innsidh mi sgeul beag taitneach a bheir seòrsa de
shoilleireachadh dhuinn air nàdar an ni sin ris an abair sinn
creidimh.

Bha duine diadhaidh, crìosdail aig an robh nighean bheag-caileag
anabarrach tuigseach, taitneach. Bha i air latha àraidh a' cleasachd
le grìogagan bòidheach a thug bana-charaid dhi; agus cha robh, 'na
barail, ni air an t-saoghal uile a b' àillidh' agus bu luachmhoire
na na grìogagan beaga so. Bha iad gach àm 'na lamhan, agus i 'g an
sealltainn do gach neach a thainig 'san rathad. "Is bòidheach," ars'
a h-athair rithe, "na grìogagan àillidh sin." "Seadh; nach bòidheach
iad, athair?" ars' ise. "Tha thu fìor thoilichte leò," ars' esan.
Fhreagair i gu 'n robh-nach tugadh i iad airson na bh' aice air
aghaidh an t-saoghail. "An ann mar sin a tha?" ars' a h-athair.
"Eisd rium! Tog na grìogagan sin agus tilg iad anns an teine."
Dhearc i air le moran iongantais, 's na deòir 'na sùilean. "An e na
grìogagan?" ars' ise. "Seadh," ars' a h-athair, "na grìogagan. Dean
thusa, 'ghràidh, mar is àill leat féin; ach tha fios agad nach d'
iarr mis' ort riamh ni air bith a dheanamh nach robh air son do
mhaith féin, agus tha mi nis a rithist ag ràdh riut, tilg 'san tein'
iad!" Dh' amhairc a' chaileag bheag 'na aodann car tamull. Thog i na
grìogagan, 's a cridhe an impis sgàineadh, agus thilg i iad 'san
teine, mar a dh' iarradh oirre. "Leig leò luidhe an sin," ars' a h-
athair. "Cluinnidh tu tuille mu 'n déidhinn an ceann latha no dha,
ach na can facal mu 'n timchioll air an àm." Latha no dha an deigh
so, thug a h-athair dhachaidh d'a h-ionnsuidh grìogagan bu mhor a
b' àillidh 's bu riomhaiche agus bu daoire na 'n fheadhainn a thilg i
'san teine. Chuir e iad 'na laimh. "So, 'eudail," ars' a h-athair;
"'chionn gu 'n do chreid thu mise 'nuair a thubhairt mi riut gu 'm
b' fhearr dhut dealachadh ris na grìogagan eile, agus deanamh mar a
dh' iarradh ort, thug mise so do d' ionnsuidh. Tha so agad mar
dhuais airson t-athair a chreidsinn. Nis," ars' esan, "fhad 's is
beò thu, na di-chuimhnich ciod e creidimh. Thilg thusa air falbh do
ghrìogagan nuair a dh' iarr mis' ort, do bhrìgh gu 'n robh creidimh
agad annam, agus a chionn nach d' thug mi ach a' chomhairle a b'
fhearr dhut riamh. Cuir an aon earbsa agus an aon chreidimh ann an
Dia. Creid na h-uile ni tha e ag radh riut 'na fhocal. Co dhiubh tha

thu 'ga thuigsinn no nach 'eil, creid e—gur e do mhath bu mhiann leis a chur air aghaidh, agus a tha 'na bheachd anns na h-uile ni tha e ag àithne dhut a dheanamh."

Bha so na chreidimh 'na h-athair, ach cha 'n e so an creidimh tha ri chàramh ann an Dia e féin, Innseam dhut ciod e creidimh ann an cùram Dhé.

Bha duin'-uasal àraidh, agus a bha air àm àraidh ann an luing, air latha anabarrach stoirmeil. Bha doinionn mhor a' séideadh—a' mhuir ag éiridh suas na beanntaibh, 's an fhairge dol thairis orra—an long a' luasgadh gu mor, agus eagal orra na h-uile mionaid gu 'n rachadh i as a chéile, agus gu 'm biodh iad air am bàthadh. Bha mor eagal air bean an duin'-uasail. Ghreimich i gàirdean a fir, is i air chrith le oillt. "Nach 'eil eagal ortsa idir?" ars' ise. Cha dubhairt e diog, ach fhuaire e a chladheamh a tharruing as an truaille, agus chuir e ri 'h-uchd e, mar gu 'm biodh e dol 'ga ruith troimhe. "'Bheil eagal ort," ars' esan, "roimh 'n chladheamh?—tha e mar leth-oirleach o d' chridhe." "Cha 'n 'eil," ars' ise, "eagal air bith orm. C'arson a dh' fheòraich thu?" "Tha do bhrìgh," ars' esan, "gu bheil e an làimh do chéile phòsda, nach deanadh lochd no cron ort airson na tha 'san t-saoghal. Gu dearbh, cha deanadh," ars' esan. "Agus nach cuimhnich thu gu bheil an stoirm an làimh do Dhé, t'athair glòrmhor, gràsmhor, aig am bheil barrachd gràidh ort na th' aig na bheil air uachdar an t-saoghail. Cha 'n 'eil eagal ormsa, agus na biodh eagal ortsa ni 's mò."

So creidimh ann an cùram agus ann an caoimhneas Dhé—bha 'n creidimh so taitneach do Dhia. An e nach robh an duine so toilichte gu 'n robh uiread de dh' earbs' aig a mhnaoi ann—nach robh eagal oirre ged a chuir e an claidheamh rùisgte ri 'h-uchd? Agus tha Dia toilichte 'nuair a dh' earbas sinn ann—a chuireas sinn creidimh 'na ghràdh, 'na chaoimhneas agus 'na chùram atharail. Tha 'm Bìobull ag iarraidh oirnn ar n-aran a thilgeadh air na h-uisgeachan, agus an ceann beagan ùine gu 'm faigh sinn air ais e. Ciod is ciall d'a so? Is e <eng>rice,<gai> seòrsa de ghràinne Innseanach, a tha iad a' cur ann an dùthchannan na h-àirde 'n ear, gu h-àraidh 'san Eiphit. A h-uile bliadhna, 'nuair a leaghas an sneachd 'sna monaidhean, ataidh an Nile, (amhainn mhor na h-Eiphit) agus thig i thairis air an dùthaich uile, a tha mar mhuir mhor car tamuill. An uair a tha i 'tuiteam, agus a tha e comasach do dhaoine dol a mach, tha iad a' tilgeadh a' ghràinne sin ris an canar <eng>rice<gai> air uachdar nan uisgeachan; agus tha iad a' deanamh so mach á bàtaichean beaga air am bheil iad a dol a mach. Tha 'm pòr a' tuiteam air a' chlàbar no air a' pholl a dh' fhàgas an abhainn; agus 'nuair tha na h-uisgeachan air traoghadh, tha 'n gràinn an deigh greimeachadh agus fàs; agus, ri h-àm, tha fogharadh pailt, tarbhach aca de 'n phòr a bha mar so air a thilgeadh air na h-uisgeachan. So agaibh creidimh an duine tha tilgeadh a phòir air na h-uisgeachan. Tha e 'creidsinn gu'm fàs e—ged a theid e air seòladh, gu 'n ruig e am poll, far am freumhaich e, am fàs e, agus fadheòigh an tig e fo dhéis, agus an abuich e airson an fhogharaidh. So creidimh ann am freasdal Dhé, ach cha 'n e so creidimh a' Bhìobuill; oir faodaidh a leithid so, agus tha a leithid so, do chreidimh aig daoine peacach. Faodaidh droch dhaoine

cur agus buain, gun smuaineachadh mu'n Dia sin o'm bheil am beannachd a' teachd, a tha 'cuir torrath ann, 's a tha toirt air abachadh airson an fhogharaidh. Tha 'n creidimh so aig miltean a tha dì-chuimhneach agus suarach mu Dhia.

Ach ciod e an creididimh so tha taitneach le Dia? Innsidh mi sgeul beag eile dhuibh, mo chàirdean òga.

Bha 'n sud, àm o chionn fhada, Duine ris na labhair Dia; agus dh' iarr e air a dhùthaich fhàgail, agus imeachd do dhùthaich choimheach chein-a bheatha 'chuir seachad ann am bùthaibh, agus sin uile ann an cearn far nach biodh dachaidh aige ni's mò. Cha d' thubhairt an duine diog-cha do dhiùlt e, 's cha do chuir e an aghaidh Dhé, ach rinn e mar a dh' àithn Dia dha. 'Na dheigh so, bha aig an duine so mac-aon mhac. Dh' innis Dia dha gum fàsadh am mac suas-gum biodh e na athair do mhòran shluagh gu'n eireadh uaithe iomadh rioghachd, agus muillionan do dhaoine. Ach an deigh do Dhia so a radh ris, dh' iarr Dia air a' cheart mhac so a ghabhail, agus iobradh-a chuir gu bàs-a choluinn a losgadh le teine air mullach beinne. Cha d' innis Dia, c'arson a bha so air aithne dhe; ach cha luaithe 'fhuair e an àithne o Dhia na chuir e roimhe géilleachduinn, agus a dheanamh mar a dh' iarradh air. Chruinnich e am connadh-chunnaic e an teine 'lasadh air an robh e r'a mhac a losgadh-cheangail e a lamhan agus a chasan-agus shìn e a làmh, agus ghlac e an sgian leis an robh e r'a mhac a chuir gu bas. Ach bhachd Dia e, agus dh' àithn e dha gun a dheanamh-gu'n robh reithe dlùth dha, agus e a ghabhail an reithe, agus iobradh an àit a mhic.

So nis creidimh ann an Dia; oir chreid Abraham-b'e sin ainm an duine -chreid e Dia, agus thug e géill dha. Bha e làn chinnteach gun robh Dia glic, fiosrach, agus grasmhor, ged nach do thuig e c'arson a dh' iarr e air ni co cruaidh agus co deuchainneach a dheanamh. Tha'n eachdraidh so r'a fhaotain anns an dara caibideil thar an fhichead de leabhar Genesis, agus chomhairlichinn duibh an caibideil sin a leughadh.

Innsidh mi sgeul beag eile dhuibh, mar shoilleireachadh air nàdur creidimh. Nam biodh tusa beò 'nuair a bha clann Israel anns an Eiphit. Nam biodh tusa air dol a mach air feasgar àillidh samhraidh sios ri taobh na h-aibhhe, 'beachdachadh air an t-sealladh tha an sud ri fhaicinn. Faic na craobhan ud thall-am bothan beag ud dluth dhoibh. Is daoine bochd iosal tha 'fuireach anns a' bhothan. Tha'n tigh beag-cha'n 'eil uinneag air; agus is tràilleann truagh tha 'fuireach ann. Ach amhairc a stigh do'n bhothan, agus beachdaich air na tha 'dol air aghaidh. Faic ciod tha'm boirionnach bochd ud a' deanamh. Faic mar a tha i 'figheadh cobhain no ciste bheag de chuilec a chruinnich i taobh na h-aibhne. Mothuich mar tha i 'gul 's a' caoineadh fhad 's

[TD 86]

[Vol. 12. No. 11. p. 6]

tha'n obair 'dol air aghaidh; agus faodaidh tu 'thuigsinn, leis mar tha 'bilean a' gluasad, gu bheil i ri ùrnuigh. Tha i an deigh an obair a chriochnachadh—tha'n cobhan réidh. Thoir fainear a nis na tha i 'deanamh. Faic i 'dol a null gu taobh eile an tighe, agus a' togail pàisde beag maoth na gairdean. Tha i 'ga phògadh. Tha i 'g ùrnuigh ri Dia as a leth. Tha i 'ga chàramh anns a' chobhan, no anns a' chiste chuile a rinn i. Tha i 'gairm piuthar an leinibh, agus ag earbsa na ciste rithe—ag àithne dhi a giulan sìos do'n abhuinn, agus a càramh 'measg na cuilce air snàmh anns an abhuinn. Tha i fein (màthair an leinibh) a' pilleadh dhachaidh gu bronach, tùrsach, trom, agus a' guidhe gu durachdach air Dia. Ciod nis a thachras do'n leanabh so? Tha beathaichean eagallach 'san abhuinn so, ris an canar <eng>crocodiles.<gai> Nach marbh 's nach mill iad an naoidhean? Cha'n eagal da. Bha creidimh aig a mhàthair ann an Dia, agus gabhaidh Dia cùram dheth. Agus ghabh Dia cùram de'n naoidhean; oir thachair do nighean an rìgh bhi 'mach 'ga nighe féin 'san abhuinn. Chunnaic i an cobhan beag am measg na cuilce, agus chuir i ban-ògalach gu 'thoirt d'a h-ionnsuidh. 'Nuair a dh' fhosgail i e, chunnaic i an leanabh. Ghabh i truas dheth—thug i dhachaidh e—thog a's dh' araich i e mar mhac rìgh; agus b'e an leanabh sin Maois, ceannard sluagh Israel, fàidh Dhé, agus an neach a sgrìobh moran de'n t-Seann Tiomnadh.

Nis, anns an eachdraidh so, tha soilleireachadh agaibh air creidimh. Tha sibh a' faicinn ciod e creidimh ann an Dia—creidimh ann an Iosa Crìosd; 'se sin, creidimh co làidir ann 's a dh' aomas, a chomh-éignicheas sibh, gu ùmhlachd agus géill a thoirt d'a àithntean agus d'a thoil. Tha sibh a' creidsinn gu'n robh Esan ris an canar Iosa Crìosd aon uair 'san t-saoghal so—gu'n d' rinn e na mìorbhuilean sin air a' bheil sibh a' leughadh 'san t-soisgeul—gu'n robh e ro naomh—gu'n do labhair e na briathran sin tha sibh a' leughadh 'na fhocal. Tha sibh a' creidsinn gu'n do bhàsaich e airson pheacaich—gu'n d' éirich e o'n uaigh—gu'n deach e suas do nèamh—gu bheil e beò an sin—agus gu bheil e 'deanamh math d'a shluagh. Tha sibh a' creidsinn na h-uile ni tha sibh a' leughadh mu 'dhéidhinn 'san t-soisgeul; agus ma tha'n creidimh so na chreidimh ceart agus fìrinneach, tàirnidh e sibh gu Crìosd a ghràdhachadh, do bhrìgh gu'n do ghràdhaich Esan sibhse. Aomaidh agus comh-èignichidh an creidimh so sibh chum 'àithntean a choimhead. Gabhaidh sibh tlachd ann a bhi 'gan coimhead, thaobh gu bheil gràdh agaibh air, agus a chionn gu bheil làn fhios agaibh gu bheil sàir-dhuais a' feitheamh airson gach nì math tha sibh a' deanamh air a sgàth-san.

Nan tachradh dhutsa 'tuiteam mach o bhruaich aibhne do'n t-sruth far an robh an tuil a' ruith gu bras, 's gu'n robh thu an impis a bhi air do bhàthadh; 's gu'n tilgeadh neach àraid ball da d' ionnsuidh, air an greimicheadh tu, 's leis am faigheadh tu gu tir. Bhiodh so cosmhuil ris na rinn Crìosd air do shon. Tha sinn uile 'basachadh ann an uisgeachan domhainn a' pheacaidh. Tha Crìosd a' gairm oirnn amharc d'a ionnsuidh—san—tha e 'tilgeadh culaidh—thèaruinteachd d'ar n-ionnsuidh; ach cha dean sin stà no math dhuinn, mar greimich sinn air—mar glac sinn e. Nis, an glacadh agus an greimeachadh so, 'se sin creidimh. Tha creidimh 'toirt oirnn Crìosd a ghlacail, dìreach mar a ghlacadh duine 'n ròp, no'm ball, no'n taod, a

thilgeadh a mach d'a ionnsuidh, 's e 'dol fodha. Ach cuimhnicheamaid nach e am ball a theasairg sinn, ach Criosd, a ghabh truas, a thilg e, a dh' iarr oirnn greim daingeann a ghabhail, agus a tharruing sinn gu tìr.

Tha e mar so 'ga'r tarruing as na h-uisgeachan domhainn; agus 'nuair tha e 'ga dheanamh so, tha sinn air ar comh-éigineachadh gu a ghradhachadh, agus gu géill a thoirt d'a thoil agus d'a àithntean. Ach is miann leam innse dhuibh am math tha creidimh a' deanamh do neach air bith.

'Sa' cheud àite, tha e 'toirt air a bhi ùmhal do Dhia, agus seirbhis a dheanamh dha. Cha sguir neach gu bràth do pheacadh, agus cha mhò 'ni iad seirbhis do Dhia, na dh' iarras iad a thoileachadh, mar 'eil iad a' creidsinn gu bheil so taitneach do Dhia—gu bheil math 'na lorg—gu'n toir e duais dhoibhsan a ni so, agus gu'n éirich gu math dhoibh. Ciod am math is urrainn am Biobull a dheanamh do neach air bith ach dhoibhsan tha 'creidsinn a' Bhìobuill? Có a sheachnadh olc, agus a bhiodh ag iarraidh a' mhath? Có a cheannsaicheadh a dhroch mhiannan féin, a chumadh a theanga fo smachd—a bhiodh stuama, fìrinnich, ionraic—mar biodh fios aca gu bheil Dia 'gam faicinn—Dia toirt fainear gach ni—a' léirsinn gach ni—agus gum faigh iad an deigh so mar rinn iad 'sa choluinn? Ma chreid sinn gach nì tha Dia 'g innse dhuinn 'na fhocal, bithidh sinn cùramach gus na h uile ni tha e 'g aithne dhuinn a dheanamh. Tha'm maraiche 'dol thairis air cuantaibh mòr farsuing do dhùthchanan céin, agus tha e 'seirbhiseachadh gu dilis, do bhrìgh gu bheil e 'creidsinn gum faigh e tuarasdail. Mar so, is éigin duinn creidimh 'bhi againn ann an Dia, nam b' aill leinn seirbhis a dheanamh dha, agus a thoileachadh.

San dara àite, tha creidimh ga'r deanamh math. Mothuichibh mar rinn na h-abstoil, aon uair 's gu'n do chreid iad Iosa. Ged bha'n saoghal air éiridh suas nan aghaidh, 's a' deanamh geur—leanmhuinn orra, 's 'gan cur gu bàs, gidheadh chreid iad ann an Dia—chreid iad 'fhocal. Thug iad gràdh do Chrìosd, agus chuir iad gach cunnart a's cruaidh—chàs gu dùlan. 'Se creidimh a bhrosnaich iad gu gach ni fhulang, 's gach ni a dheanamh. Agus nach e an creidimh ceudna tha 'toirt air daoine beannuichte criosdail dol a mach air feadh an t-saoghail a shearmonachadh an t-Slànuighir? 'Se creidimh tha 'dusgadh dhaoine criosdail diadhaidh gu math a dheanamh anns gach àit, agus air gach àm. 'Se creidimh tha 'toirt air an athàir agus air a' mhathair chriosdail ùrnuigh a dheanamh airson an leanabanan beaga. 'Se creidimh tha 'toirt orra 'n clann a theagasg gu h-ùrnuigh a dheanamh air an son fein. 'Se creidimh tha 'toirt solas agus comhfhurtachd do'n mhàthair bhronach, mar tha i fagail an t-saoghail so, agus a' dealachadh r'a teaghlach, agus a' gabhail a cead deirionnach dhiubh. Chunnaic mi aon uair màthair a bha air leabaidh-bais, ach bha làn chreidimh aic' ann an Iosa Crìosd; agus an deigh dhi a paisdean a ghairm timchioll a leapach, ghlac i aon diubh air làimh. Labhair i riu gu ciuin, sàmhach. Thug i comhairle fa leth do gach aon diubh. Bheannuich i iad. Ghabh i a cead deirionnach diubh. Ghuidh i air an son ri Dia, agus dh' earb i gach aon diubh ris. 'Se creidimh a chuidhich leatha so a dheanamh.

'San treas àite, tha creidimh na chul-thaic an am gach deuchainn. Tha amannan ann 'nuair nach 'eil e an comas an t-saoghail 's na th' ann comhfhurtachd no sòlas a thoirt duinn, na furtachd air bith a dheanamh as ar leth. 'Sann o Dhia amhain is urrainn cul-taic no cuideacdd teachd. B'e so an cor 'san robh Noah 'nuair bha e féin 's a theaghlach 'san airc, air udal nan uisgeachan. 'Se Dia amhain a b' urrainn toirt air na h-uisgeachan traodhadh, agus toirt air an fhearann thioram teachd 'san t-sealladh. B'e so an cor 'san robh Daniel 'nuair bha e air a thilgeadh 'measg nan leòmhan garg. Có ach Dia a b' urrainn an cìosnachadh? 'Se so cor gach criosduidh an am bais, co dhiubh the e 'basachadh 'na thigh féin 's na dhuthaich féin, no 'measg coigrich, ann an tir chéin. O! is iomad sgeul taitneach a b' urrainn duinn innse mu thimchioll buaidh a's éifeachd creidimh, ann an amanan deuchainn! O chionn beagan bhliadhnachan, bha dlùth do dhà fhichead guaillear shios ann an slochd domhainn dorcha; agus thuit cuid de'n t-slochd, air chor 's nach robh e comasach dhoibh teachd a mach. Rinneadh na h-uile nì bha an comas dhaoine chum an ruigheachd, agus an tèarnadh as an àit eagallach; ach ghabh so ùine co mòr, 's gu'n do bhàsaich na h-uile h-aon diubh. 'Nuair a thàirneadh nìos an cuirp, agus a b' urrainn daoine 'n t-àit 'san robh iad a ruigheachd, fhuaras seachdnar òganach taobh a chèile, ann an àit air leth o chàch. Bha fear dhiubh so na òganach diadhaidh, fiosrach, gaolach air bhi 'leughadh focal Dhé. Bha 'Bhìobull aige gu h-ìosal anns an t-slochd; agus 'nuair a ràinig iad an t-àite 'san robh a chorp, fhuair e an lòchran do dh' iarunn-geal 'san robh an solus air a ghiùlan, agus air taobh an lòchrain so bha na briathran so air an deargadh le iarunn-seòrs' do litir a sgrìobh e dh' ionnsuidh a mhàthar, bantrach bhoichd:—"A mhàthair ghràdhach! bi striochdta do thoil Dhé. Na bi gearan, na ri monmhur. Bha sinne 'toirt cliù agus moladh do Dhia fhad 's a bha ùine againn. A mhàthair, bi thusa dileas do Dhia: earb as. Abair ri m' bhràthair, e 'bhi cuimhneachadh air Dia, agus càirdeil dleasnach d'a mhàthair. Slan leat! Tha mis' sona!"

So nis creidimh. Cia meud an solas a thug an litir so d'a mhàthair!— an teachdaireachd a chuir e d'a h-ionnsuidh aig àm bàis! O, mo chàlrdean òga gu'n tugadh Spiorad Dhé dhuibhse an creidimh ceudna!— Cuairtear nan Gleann.

Am Bheil So Ceart?

FHIR DEASACHAIDH:—Faodaidh e bhith gu 'm bu duine thar a chumantais Eobhain Bàn mac an t-Saighdeir, ach 's gann a chreideas mi gu robh tri lamhan air, mar tha'n earann a leanas a' cur an gèill anns a MHAC-TALLA a thainig a mach air an treas la deug de'n mhios:—

"Le so a radh leum e thun an Fhrangaich 's a breith le lamhan iarnaigh air chibhlean air, tharruinn e dheud o cheile cho farsuinn 's gu'n rachadh cù sios, agus dhòirt e glaine bhinigir sios na sgornan."

'Se sin ri radh, chum e beul an duine fosgailte le dha làimh, agus leis an treas làimh dhòirt e na bha 'sa ghlaine sios na sgornan!

LEUGHADAIR GAILIG.

Chaidh cuideachd a chur ri cheile anns a bhaile so an uiridh air-son toiseachadh ri grùdaireachd. Bha uiread beòir ga reic anns an t-siorrachd 's gu'n do smaoinich iad gu'm bu mhath an gnothuch a bhi ga dheanamh far am biodh e deiseil. Chuir iad suas air cùl an tigh-sgoile togalach a chosd, a reir an seanachais fein, da fhichead mìle dolair. Air an earrach s'a chaidh bha <eng>petition<gai> air a chur do Ottawa an aghaidh an togalaich so a bhi air a chur cho faisg air an tigh-sgoile. Bha ainm a' chuid bu mhò de'n òigridh a bha dol do'n sgoil ris an achanaich so. An deigh sin thog bord na sgoile an guth na aghaidh. An uair bha'n togalach ullamh, 's gach ni deas, dh' iarr a chuideachd cead tòiseachaidh on àrd-riaghladh. Air sàil an iarrtuis sin bha achanaich na aghaidh air a chur do Ottawa o'n mhor chuid de luchd-gnothuich a bhaile. Chuir an t-àrd-riaghladh an sin a' chùis gu comhair a' bhaile, agus chuir iad-san na aghaidh cuideachd. Cha'n eil moran coltais a nise gu faigh a chuideachd cead tòiseachaidh idir, agus mar sin bidh Sidni saor o bhi na bhaile deanamh beòir.

[TD 87]

[Vol. 12. No. 11. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>
FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,

FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA.<gai>
CORPAICHTHE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.
<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha

BANCA-CAOMHNAIDH

ann anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3%'sa bhliadhna.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

[Dealbh]
A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean
Sgionan, etc.

Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.
J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.
M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.
<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

IADSAN A PHAIGH.

N H Caimbeal, <eng>Waipu, N. Z.<gai>
Bean G Dhomhnallaich, Cairinis, Uidhist
Murchadh Mac Laomuinn, <eng>Quincy, Mass.<gai>
C I Mac Leoid, Rochport, <eng>Quincy, Mass.<gai>
A B Mac Leoid, Plymouth, <eng>Quincy, Mass.<gai>
Donnacha H Caimbeal, <eng>St Thomas, N. Dak.<gai>
Bean Iain R Ghillios, <eng>Duluth, Minn.<gai>
Iain I Mac Gillemhicheil, <eng>Guilford, Md<gai>
Seonaid N Nic Lachlainn, Glascho, Alba
Aonghas E Moireasdan, <eng>Marsboro, Que<gai>
Gilleasbuig Camaran, <eng>Port Elgin, Ont.<gai>
Deorsa Sutharlan, <eng>Gravenhurst, Ont.<gai>
Domhnuil Mac Cuithein, <eng>Stayner, Ont.<gai>
Iomhar Mac Cuithein, <eng>Stayner, Ont.<gai>
Calum Mac Mhanainn, Braidalbainn, E.P.I.
An t-Urr I C MacGillemhaoil, <eng>Cardigan, E.P.I.<gai>
Iain Mac Gill-fhaollain, <eng>Bridgetown, E.P.I.<gai>
M D Mac Cormaic, <eng>Launching, E.P.I.<gai>
R I Mac Gill-fhaollain, <eng>St George's, E.P.I.<gai>
M D Domhnullach, <eng>St George's, E.P.I.<gai>
Màrtuinn Màrtuinn, <eng>Martinvale, E.P.I.<gai>
Alasdair B Domhnallach, <eng>Double Hill, E.P.I.<gai>
A D Mac Leoid, <eng>Kinross, E.P.I.<gai>
S A Mac Gillemhaoil, na h-Eileinean Coille
An t-Urr D MacGriogair, <eng>Merigomish, N.S.<gai>
An t-Urr D Siosal, <eng>Heatherton, N.S.<gai>
Uilleam Ros, Abhainn Bharnaigh, N.S.
Iain C Domhnullach, <eng>Ardness, N.S.<gai>

An t-Urr Iain I Siosal, <eng>Pictou, N.S.<gai>
Donnachadh Siosal, <eng>Glassburn, N.S.<gai>
Bean I D MhicGillebhràth Allt a' Bhàillidh
Iain A Domhnullach, <eng>Port Hood<gai>
Domhnull I Domhnullach, Sidni Tuath
Iomhar Domhnullach, Sidni Tuath
Domhnull Mac Neacail, Catalone
Alasdair D Mac Suinn, Glascho
Ceit Sheathach, <eng>Grand River<gai>
Raonull Domhnullach, <eng>Bridgeport<gai>
D C Domhnullach, <eng>Birch Grove<gai>
D D Mac Gillemhaoil, <eng>Glen Morrison<gai>
Iain A Gillios, S W Margaree
A S Dùghallach, S W Margaree
Aonghas Mac Cuithein, Framboise
Iain L Mac Gilleain, <eng>Woodbine<gai>
Iain Mac Gilleain, Strath Lathuirn
Domhnuil A Mac Coinnich, Mèinn Chaledonia
Domhnull Mac Neill, Benacadie
Iain S Domhnullach, <eng>Whitney Pier<gai>
Lachuinn I Mac Gillemhaoil, Loch Ainslie
Padruig Mac Gillemhaoil, Gleann Ainslie
An t-Urr R Mac Coinnich, Iona
R R Domhnullach, Iochdar Washabuckt
Iain Mac Gillfhaollain, <eng>Roseburn<gai>
Aonghas H Dùghallach, Abhainn nam Breac
Domhnull Mac Gilleain, Rudna 'n Rothaich
Iain R Mac Leoid, Abhainn Mheadhonach
M R Mac Neill, <eng>Benacadie Pond<gai>
Iain D Mac Gilleain, <eng>Roseburn<gai>
Seumas R Gillios, <eng>Deepdale<gai>

TAOBH LOCH-ODHA.

LE IAIN MAC-AN-T-SAOIR.

LUINNEAG.

'S cianail mi bho 'n dh' fhalbh an comunn,
Luchd mo ghaoil 'bha taobh Loch-Odha;
'S cianail mi bho 'n dh' fhalbh an comunn.

Gur a mise 'tha fo éislean,
Is mi 'tàmh an Cill-a-Chreanain,
'Faicinn moran de luchd Beurla,
Far an robh na Gaidheil ga 'n togail.

'Nuair a bha mi an tus m' òige,
B' iomadh gaisgeach fearail, teòma
'Bha 'sa Bharrabreac a chòmhnaidh:
Daoine còire, seòcail, foinnidh.

Bha iad càirdeil, bha iad suairce,
Bha iad cothromach na 'n gluasad;

Bheireadh iad di-bheatha 'n truaghan,
'S iad gu h-uasal, caomh, gun ghoinne.

Moch air latha na bliadhn' ùire,
'S an Lòn-mhor le camain ùra,
Chuireadh bàir mar bu dùth dhaibh,
'S iad gu sunndach gun droch oilean.

Chuir am <eng>Factor<gai> spéis 's na caoirich,
'S chaidh na teaghlaichean a sgaoileadh,
Fhuair iad bàirlinn a bha daor leo,
Chum an saodach' bho Loch-Odha.

Ach tha sòlas dhuinn mar tha iad,
Thug iad buaidh a mach 's gach cearna,
Chum iad urram 's cliu nan Gaidheal,
Mar a b' àbhaist taobh Loch-Odha.

'Chuid tha còmhnaidh 'measg nan Gall dhiubh,
Tillidh ruinn 'nuair thig an samhradh,
'S cùbhraidh fallaineachd nam beann leo,
'S gur e m' annsachd bhi na 'n coinneamh.

Gu 'm bu slàn a thig 's a théid iad,
Cumaidh iad a' Ghàidhlig spéiseil,
Is a dh' aindeoin luchd na Beurla,
Labhraidh sinn i réidh 's gach coinneamh.

'S mor a thug mi féin de ghràdh dhi,
Cainnt a dh' ionnsaich mi o m' mhàthair;
'S nar an tig an latha dh' fhàgas
Fuaim na Gàidhlig taobh Loch-Odha!

Rugadh Iain Mac-an-t-Saoir sa bhliadhna 1821. Bu mhac e do Phàdruig Mac-an-t-Saoir, am fear a rinn an t-òran air Cruachan Beann. Bha e cumail an taigh-litrichean an Cille Chrèanain, aig Loch-Odha. Chaochail e 'sa bhliadhna 1897.

AN CARAID 'BU MHATH LEAM.

LE IAIN CAIMBEUL AN LEIDEIG.

Thoir dhòmhs' an aghaidh fhosgailte,
Thoir dhòmhs' an cridhe fial,
Gun dùbailteachd, gun lùbaireachd,
Ach dìreach glan na 'thriall.

Thoir dhòmhs' an càirdeas dìongholta,
Nach tionndaidh 'null no nall;
A sheasas daingeann air a bhonn
Ged thigeadh tuil nan gleann.

Thoir dhòmhs' an spiorad fìrinneach

A ni an nì a their,
'S, mur toill mi e, an stoirm no 'm fèith,
Nach tilg mi air an sgeir.

O sud an caraaid 'dh-iarrainn-sa
An saoghal fiar is fàs,
Is buidheachas gu bheil iad ann,
Ged 's ainneamh iad 's gach àit.

Ach ainneamh anns gach àit mar tha,
Nuair thachras iad ri chéil',
Tha 'n càirdeas daingnicht' leis a ghràdh,
Nach fàilnidh anns an stéidh.

RANN AIRSON CLACH-CHINN.

Gabh rabhadh bhuam, a leughadair,
Bi réidh ri Dia gu luath;
Tha mise ann an siorruidheachd,
Tha thusa air a bhruaich.

Bha Iain Caimbeul na dheagh bhàrd. Cha 'n fheil ach tri no ceithir de bhliadhnachan o'n a chaochail e. Is math a's fiach a leabhar oran a luach.

Bha dithis choimhearsnach a còmhradh mu chladh ùr a chaidh fhosgladh 'san sgìreachd. Arsa fear dhiu nach robh gu mor na fhàbhar, "Gu dearbh b' fhearr leam fhìn gun bhàsachadh idir na bhi air mo thiodhlacadh na leithid a dh' àite." "Cha 'n e sin dhòmhs' e," ars' a chompanach, aig an robh barail eile air a chladh ùr; "ma bhios mis' air mo chaomhnadh, cha chuirear an àite sam bith eile mi."

Chaidh innse do sgalaig nach robhas ga iarraidh na b' fhaide-gu robh an obair air teirigsinn. "O!" ars' esan, "iarr air mo mhaighstir mo chumail; bhithinnsa deonach fuireach ged nach biodh cuirein obrach aige dhomh!"

Obair an doill.

Obair is ath-obair.

Obair gun bhuannachd, a' cur sìl ann an talamh gun todhar.

Obair gun iarraidh, cha deanainn do chliamhuinn no 'charaid i.

Oidhche Shamhna, theirear gamhna ris na laoigh; oidhch' Fheill-Eoin theirear aighean ris na gamhna.

[Vol. 12. No. 11. p. 8]

CHUIR IAD AN T-SUIL A PAILLOT.

LE IAIN DUGHALLACH AN TIRIODH.

LUINNEAG.

Chuir iad an t-sùil á Pailot bàn,
Chuir iad an t-sùil á Pailot;
Chuir iad an t-sùil á Pailot bochd,
'S gun fhios ciod an lochd a rinn e.

Diol mo chuid mulan aig mucan a Chùbair!
Chuir iad na 'n smùid an raoir iad;
'S beag bha dh' fhios agam-s' gun robh iad 'san dùthaich
Fhad 'sa bha 'n t-sùil am Pailot.

Ghleidheadh e sàbhailt' dhomh gàradh a chàil
Bho dhorcha gu blàths na soillse;
Freiceadan baile cha 'n fhacas air sràid
A b' fhearr gu faire 'san oidhche.

Bha e deas, tapaidh, is math air crodh fhuadach,
Chuireadh e suas ri beinn iad;
Dh' fhàgadh e oisinn an taighe gu siubhlach,
'S ruigeadh e Tùr-an-t-saighdeir.

'S tric bha mi tamull am mach air a chuan,
'S gun tilleadh gu uair na h-oidhche;
Thigeadh mo chuilein is gheibheadh e mi
Ged rachainn air tìr an Haighnis.

'S beag an nis gheibh mi nam leaba de shuain,
Le balaich mu 'n cuairt 'san oidhche;
Ach dh' fhanadh iad uil' aig a bhaile na 'n tùr,
Nan d' fhagadh an t-sùil am Pailot.

Smaointichibh féin; nach b' i chaile gun nàire,
'N té ghabh an gràp' le foill dha!
Bhuail i sa mhal' e gu farumach, goirt,
Gu 'chumail na 'thosd 'san oidhche.

'S truagh an gill' òg a bheir dhachaidh a bhéisd,
An déidh mar a ghréidh i Pailot:
Feumaidh e daonnan bhith dh'ise na thràill;
Mur bi, gheibh e 'n gràp' 'sa choinlein.

Chuir mi fios-tagraidh a dh-ionnsaigh na Bàn-ruinn,
'Dh' innse mar dh' fhàgadh Pailot;
'S thuirt i gun cuireadh i gini am dhòrn
A chuireadh suil òir le loinn ann.

Bu mhac Iain Dùghallach do Dhonnachadh Dùghallach, ministear

Baisteach a bha ann an Tiriodh. Bha e a còmhnuidh am Baile-phuill. Chaochail e an 1855. Thiodhlaiceadh e-fein agus 'athair 'san aon latha.

Bha an té a chuir an t-sùil a Pailot na searbhanta aig Iain Dùghallach. Bu bhràthair an Cùbair-Domhnall Cùbair-do 'n Bhàrd Mac-Gilleathain.

CUMHA

D'a mhnaoi, Mairi Nic-Gilleain, a dh'eug sa bhliadhna 1880.

LE ALASDAIR DOMHNALLACH.

Fonn:—<eng>"Of a' the airts the wind can blaw."<gai>

A shaoghail, 's cruaidh leam bhui do ghruaim,
Le m' shuaimhneas 'chur air chùl;
Le m' ghaol 'thoirt buam nach robh dhomh buan,
'S i 'n diugh na 'suain san ùir.
Gur faoin na déidh gach ni fo 'n ghréin
'Thoirt slàint' do m' chreuchd as ùr;
Cha 'n fheil ann léigh a ni dhomh feum,
'S nach beò thu féin, a rùin.

Gur lionmhor creuchd a th'ann am chreubh
Ga m' chlaoidh nach léir do chàch,
'S nach cuir mi 'n géill, 's gun chainnt dhomh réidh
Bho 'n dh' fhalbh mo chéile gràidh.
'S e 'n crannchur péin dhomh bhi leam féin,
'S e 'dh' fhag mi 'n éis mar 'tha,
'S mi 'g ionndrainn buam gach la is uair
An té 'tha 'n suain a bhàis.

Ged bheireadh drùchd an t-samhraidh chiùin
Gach maoth phreas ùr fo bhlàth,
'S ged thilleadh eunlaith bhinn nan speur
A sheinn 'sna geugaibh àrd',
Cha till mo rùn a dhealaich rium,
A thoirt dhomh mùirn is slàint';
An té gun ghruaim cha dùisg a suas,
'S i 'n leabaidh fhuair a bhàis.

Gur caomh le m' chridh gach gorm lag min
'San tric am biodh do cheum,
'S gach bachdan àrd far 'm biodh mo ghràdh
Mu chul an àil 's an treud.
Bu tric gu dian thu 'cur ri gnìomh
Mu 'n dearrsadh grian air feur,
Ged tha thu 'n diugh gun lùths am miar,
'S tu 'n cnoc nan diar leat fein.

O! osaig chaoin 'thig thar an raoin

Bho uaigh mo ghaoil, bi fòil,
'S gu'n gabhainn-s' thu am phòraibh dlùth,
Oir 's cùbhraidh leam thu 'm chòir;
Gu m' chuimhn' thoir mùirn na chaidh air chùl,
'S mi 'n dràs an dùsal bròin,
'S gun ann ach roinn diom 's mi gun sgoinn,
Gun dreach, gun loinn, gun dòigh.

Gach àbhachd 's mùirn bha saor dhomh, 'rùin,
Bho 'n fhuair mi 'n tus ort còir,
Air sgéith chaidh bhuam mar bhlàths roi 'n fhuachd,
'S mi 'n diugh gun smuain ach bròn.
An te gach là bha dhomh 'n a h-àgh
Tha sìnt' fo sgàil nam bòrd;
A' caoidh na 'déidh tha mi gun fheum,
'S mar neach leis fhéin an ceò.

Cha b' ionndrainn bhuam gach maoin is luach,
'S gach ni mu 'n cuairt gu léir,
Seach rùn mo chrìdh' a bhi ga m' dhìth,
'S mi fann gun chli na déidh;
Mar ànrach truagh air bhàrr nan stuadh
'S gun long-phort cuain da réidh,
Ach dùint' an ceò gun stiùir, gun seòl,
'S gun iùl air còrs' fo 'n ghréin.

O, m' annsachd féin thar chàich gu léir,
Bu tu mo léigh 's mo shlàint';
Bu tu mo dhion bho fhuachd nan sian
Ged dh' fhalbh sud dhìom mar sgàil'.
Le d' bhàs gu 'n d' chrìon mo bhlàth dhìom 'sios
A chaoidh nach dean rium fàs;
Le m'ionndrainn bhuaibh gu bheil mi truagh,
Shùigh m' inntinn bhuaibh gu làr.

Na d' chuailean briagh' cha robh, a chiall,
Aon sniomhan liath le aois,
Ged dhùin an uaigh gun iochd e bhuaibh
Na cruaidh-ghlais fhuair nach sgaoil,
'S an dig la luain, san eirich 'suas
Bho thir 's bho chuan gach aon,
A dh-fhaotainn duais a réir mar ghluais,
Bho laimh an truais 's na maoin.

Bho 'n chaill mi m' aonta dhìom 's mo chòir,
'S gu 'n dùil riut beo bho 'n eug,
Bidh m' earbsa dhian 'san Ti 'thug dhìom,
'Dhol, aig mo thriall, a'd' dhéidh.
B'e 'n sòlas nuadh a bhi le m' luaidh
An dachaidh bhuaibh Mhic Dé,
An cal' an àigh, 's an comunn gràidh
Nach sgaoil am bàs bho chéil'.

Rugadh Alasdair Dòmhnallach, Alasdair Ailein Mhóir, an Gleann-Uig am

Mùideart 'sa bhliadhna 1820. Tha e a fuireach an dràs d aig Mèinn Cnoc-an-Fhuarain. Co fad agus is aithne dhòmhsa is e bard Gàidhlig a's fearr a tha 'n diugh an America.
GLEANN-A-BHAIRD.

Bha Sasunnach a bh' air chuairt an Alba aon la a' spaisdireachd faisg air bail' àraidh nuair a thachair caileag beag air 's i casgruisgte. "Am bheil e mar chleachdadh aig muinntir an àite so," ars' esan, "a bhi dol mu'n cuairt air an casan rùisgte?" "Tha aig cuid dhiu," ars' a chaileag, "agus aig càch tha e mar chleachdadh a bhi toirt an aire d' an gnothuch fhein."

Am bréid 'ga thomhas air an toll.

<eng>The Canadian Bank of Commerce<gai>
RIS AM BHEIL AIR AONADH
<eng>THE HALIFAX BANKING COMPANY.<gai>

Earras Paidhte \$8,700,000
Airgiod Taimh 3,000,000

ARD OFIS, TORONTO.

AN T-ONORACH DEORSA A. COX,
Ceann-Suidhe.

<eng>B. E. WALKER,<gai>
Ard Mhanager.

Ofis an LUNNAINN (Sasunn) aig 60 <eng>Lombard St., E. C.
S. CAMERON ALEXANDER, Manager<gai>

Ofis an NEW YORK aig 16 <eng>Exchange Place,
WM. GRAY agus H. B. WALKER, Agents.<gai>

Tha ceud is ceithir meur dhe'n Bhanca so air feadh Chanada is nan Staidean Aonaichte, am measg am bheil an àireamh a leanas anns na Roinnean Iochdrach.

<eng>HALIFAX, H. N. Wallace, Manager.
Amherst Antigonish Barrington
Bridgewater Canning Lockeport
Lunenburg Middleton New Glasgow
Parrsboro Sackville St. John
Shelburne Springhill Sydney
Truro Windsor<gai>

Gach seorsa gnothuch banca.
Ceannaichear is reicear airgid is notaichean Breatunnach.
Gheibhear Litrichean Creideas de 'm faodar feum a dheanamh ann an cearna sam bith dhe 'n t-saoghal.

BANCA CAOMHNAIDH.

Tha Banca Caomhnaidh a nise fosgailt aig gach meur dhe 'n bhanca.
Gabhar suim sam bith air riadh, eadhon suim cho beag ri aon dolar.

Meur ann an Sidni.

<eng>P. C. STEVENSON, Manager.<gai>

ANNS AN STOR UR

LE STOC MOR DE DH

Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula

ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE

air Sraid Shearlot.

<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

[Dealbh]

Bidh fìor chomhfhurtachd agad 'nad dhachaidh nuair a bhios gach
airneis us grinneas air a thaghadh le rian agus tuigse. Agus 's e 'n
ceud ni is coir aire fhaotainn am brat-ùrlair a theid air na
seomraichean. Gheibh thu againne
Brat-ùrlair is Airneis
dhe na seorsachan a's fhearr, agus gach ni eile air an cuir thu feum
air son breaghachd do thaighe.

Cuir a dh' iarraidh Leabhraim anns am bheil gach ni a tha sinn a
creic air ainmeachadh. Paighidh sinn faradh do chearna sam bith de
Cheap Breatunn.

<eng>Gordon & Keith, A. T. GRANT, Manager.

Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na
treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a.
m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m.,
'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

Mac-Talla

Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.
Bliadhna, \$1.00
Tri Miosan, .30
Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd-gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 89]

[Vol. 12. No. 12. p. 1]

MAC-TALLA.

“An ni nach cluinn mi an diugh cha 'n aithris mi maireach.”

VOL. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, DESEMBER 11, 1903. No. 12.

A Gabhail Pairt “Thammany”

FHIR-DEASACHAIDH:—Leugh mi na thuirt sibh anns an àireamh a thainig a mach air an treas la deug mu'n taghadh a bha ann am baile mor New York deich latha roimhe sin. Tha sibh ag radh gu'n deachaidh a bhuidh le Tammany, “comunn suarach.” Feumaidh e bhith gu'n do dhiochuimhnich sibh gur e <eng>Tammany Hall<gai> aon de na comuinn riaghlaidh a's sinne tha anns na Stàidean Aonaichte, gu bheil còrr is ceud bliadhna o'n chaidh a chur air bonn, agus gu robh e re na h-ùine sin a' gabhail pàirt anns a chuid bu mhò de thachartasan cudthromach na dùthcha, agus cuid de 'bhuidh a' gabhail pairt 's gach gluasad feumail a bh' anns an dùthaich. Cha'n eil e fìor a radh gu'n d' thug Tammany droch cliù air baile mor New York, agus gu bheil e daonnan a seasamh air-son gach seòrsa droch riaghlaidh. Tha so gle fhada o bhi ceart. Tha New York mar bhaile a' fàs gu bras; tha sluagh ann as gach cearna de'n t-saoghal, de gach creud is cànan is cleachdadh. Ni a fhreagras air baile beag fada o'n mhuir, cha fhreagair idir air New York, oir cha'n ionnan an suidheachadh.

Cha'n eil ni a's fhearr a chuireas an géill gnè riaghlaidh baile na a' chis. Agus gheibh sibh gu robh a' chis ann an New York na b' isle fo riaghladh Thammany na bha i ann an iomadh aon de bhailtean beaga na Stàide, agus ged bha fhéin, bha moran obrach daonnan a' dol air adhart air-son math a' bhaile. Tha am mi-chliu air am bheil sibhse toirt iomraidh air a thoirt air New York le daoine tha tighinn á àiteachan céin 's á siorrachdan dùthcha na Stàide, daoine tha dhe'n bharaill gu'n gabh New York riaghladh air an aon seòl 's a ghabhas

bàiltean beaga Speonk is Podunk. Tha <eng>Tammany Hall<gai> air a dheanamh suas de dhaoine mar tha gach comunn eile. Tha mi-fein eòlach air moran dhiù, agus is aithne dhomh gur daoine glan, onarach iad, daoine nach gabhadh gnothuch ri riaghladh "fo'm faod neach gach lagh a thogras e a bhristeadh ma phàidheas e duais airson an cead fhaotainn," mar tha sibhse 'g radh.

Tha Mac-Gillfhaollain, a bha air a thaghadh mar àrd-bhàillidh fa chomhair sluaigh New York o chionn iomadh bliadhna. Tha iad eòlach air fein 's air an t-sinnsir o'n d' thainig e. Tha fhios aca gu bheil e de stoc math, agus tha iad a' cur earbs' ann. Thug càirdean Lowe iomadh ionnsuidh air cliù 'athar a lughdachadh, mar chaidh a nochdadh aig foillseachadh càrn-chuimhne Antietem.

Faodaidh tu bhi cinnteach gu bheil barrachd de pholitics 's de cheilg, na tha de dhroch riaghladh Thammany anns a ghàir a thatar a' togail uair 'san da bhliadhna am baile New York. Ma's miann leis na pharasaich obair mhath da-rìreadh a dheanamh tha an deagh chothrom a' feitheamh orra ann am Philadelphia, an aon bhaile a's groide riaghladh a tha anns na Stàidean Aonaichte.

Bidh sibh cho math 's gu'n cuir sibh so an clò, oir tha toil agam beagan de'n taobh eile a leigeil ris do ur leughadairean.

Ur Caraid Dileas,
MAC.

FREAGAIRT.

Cha'n ann ri aois no ri eachdraidh Thammany a tha ar gnothuch, ach ri 'dheanadas. Tha e na ni cunnartach aois no lionmhorachd làithean a ghabhail mar dhearbhadh air mathas. B' urrainn duinn Fear ainmeachadh a tha ann o thoiseach an t-saoghail agus nach d' rinn aon ghnìomh math air an cualas iomradh anns an ùine sin. Tha e air innse gu'n deach a mholadh aon uair le mnaoi chòir nach deanadh di-moladh air neach sam bith; agus cha b' urrainn dh' ise radh ach gu robh e "gle dhichiollach." Faodar am moladh ceudna dheanamh air Tammany, agus gu dearbh cha bu toigh leinn fein an còrr a dheanamh air.

Cha'n eil teagamh sam bith againn nach eil àireamh de dhaoine glan' onarach an luib Thammany, agus nach ann dhiu sin ma dh' fhaodte Mac-Gillfhaollain fein. Cha mhò na sin a tha sinn dhe'n bharrail gur aingil no daoine gun pheacadh iadsan uile tha air an taobh eile. Ach a reir gach fiosrachaidh a tha ri fhaighinn, tha e ri chreidsinn gu bheil Tammany mar chomunn ag obrachadh airson droch riaghladh agus an "taobh eile" an aghaidh sin air-son riaghladh ceart. Cha bhiodh seòltachd na nathrach ann an Tammany mur faigheadh e beagan dhaoine bhiodh fo chliù cuimseach math air-son an cur fa chomhair an t-sluaigh: daoine gheibheadh bhòtaichean bho mhuinntir nach toireadh bhòt gu bràth do leithid Chroker no Mhurphy. Sin far an d'rinn deagh chliù Mhic-Gilfhaollain 'sa shinnsir cuideachadh mor le Tammany. Thug e fo 'bhrataich iadsan aig an robh bàigh ris na'n cridhe, ach nach bhòtadh le duine a bha gu follaiseach fo dhroch cliù.

Mur eil Tammany na chomunn a tha toirt mi-chliù air New York tha e gle neònach gu'm biodh paipeirean-naidheachd is pearsachan-eaglais a bhaile mhoir sin gu ire bhig uile ag obair na aghaidh. Ma tha e ri radh gur Pharasaich is cealgairean iad sin gu h-iomlan b'fhearr leinn duin' eile ga radh na sinn fein. Tha mi-chliu Thammany air a dhol fad is farsuing: cha'n fhaighear ach gann paipeir-naidheachd no fear-stàite a ghabhas a thaobh, agus tha e daonnan air a chur fa chomhair sluaigh bhailtean an America 's anns an Roinn Eòrpa mar an aon inneal-riaghlaidh a's miosa tha'n diugh ri fhaotainn ann an duthaich shaor Chrisdail. Cha b'e dùrachd MHIC-TALLA cliù math no olc a thoirt air duine no air comunn dhaoine nach do làn thoill iad. Is e fhacal-suaicheantais agus a riaghailt: "An ni nach cluinn e'n diugh nach aithris e màireach." Cha b' ann an diugh no an dé a chual e cheud iomradh air Tammany, agus cha chual e riamh a bhi toirt deagh chliù air. A reir mar chuala MAC-TALLA 's mar a bha e creidsinn dh'aithris e, agus cha'n eil e faicinn anns na sgriobh "Mac" 'san litir so aobhar air-son aon fhacal dhe na labhair e a thoirt air ais.

Cha'n eil an geamhradh anns an dùthaich so na chùis-eagail cho mor 's a tha e ann an iomadh dùthaich sam bheil an t-sìde moran na's blàithe. Tha sinn ann an Ceap Breatunn o chionn faisg air mios a' cur eòlais air an t-seòrsa geamhraidh a tha daoine mealtuinn ann an dùthchannan eile, geamhradh fliuch fuar as nach faighear moran toileachaidh. Ach nuair thig am fìor gheamhradh, air nach eil eòlas idir aig na dùthchannan blàtha, an geamhradh cruaidh, reòta, le pailteas de shneachda, bidh e na aimsir cho toilichte agus cho feumail ann an iomadh dòigh ri àm sam bith eile de'n bhliadhna. Cha 'n 'eil rathad ann a's grinne no air am mò a thàirneas each na rathad sneachda. Tha na tuathanaich 's na coilleadairean daonnan a' fàgail na h-obrach a's truime gus an tig an geamhradh; agus ged is tric leò bhi talach air meud an t-sneachda, bu mhò gu mor an talach mur biodh e ann idir. Nuair a leughas muinntir na seann dùthcha agus dhùthchannan eile mu'n reothadh 's mu'n t-sneachda bhios ann an Canada, na gabhadh iad truas sam bith ruinne tha deanamh ar dachaidh innte. Cha d'fhàinig reothadh fhathast ris nach do sheas sinn, agus air-son an t-sneachda dheth, tha sinn ga mheas cha'n ann a mhàin mar ghoireas, ach mar aon de fhìor bheannachdan an fhreasdail.

Air tàille lughdachadh nan tuarasdál aig an obair-iaruinn theab <eng>strike<gai> mhor a bhi ann. Dh'iarr comunn nan oibrichean (am P. W. A.) gu 'm biodh iadsan a bh'air an gearradh sìos gu \$1.26 an latha air am fàgail aig \$1.33, seachd sentichean na bu lugha na bh'aca roimhe. Dhiult a chuideachd sin a dheanamh. An sin bhagair am P. W. A. seasamh a mach, agus bhagair a' chuideachd, na'n tachradh sin gu'm biodh an obair air a dunadh gu buileach glan gu toiseach an t-samhraidh. An so chaidh luchd-riaghlaidh a bhaile 'san eadraiginn, agus air an dian-iarrtus-san dh' aontaich na h-oibrichean gabhail le tuarasdál na cuideachd, ged is gle bheag e. Tha am baile fo chomain mhor dhaibh, oir bhiodh call air fhulang leis na h-uile na'n robh iad air sgur a dh'obair. Tha cuideachd an iarunn ag ìsleachadh màl nan taighean dhaibh, agus tha na marsantan a leagail prìs bidh is

annlan 's gach seòrsa bathair a cheannaicheas iad. Mar sin bidh lughdachadh nan tuarasdail air a dheanamh moran na's aotruime.

Bha la Fhéill Andra air a chumail mar a's àbhaist air feadh Chanada. Ann an Sidni, far nach robh e air a chumail o chionn àireamh bhliadhnachan, bha dìinneir aig "Mic na h-Alba" ans an talla 'sam bheil iad a' cumail an coinneamhan. Shuidh còrr is trì fichead aig a bhòd, fir is mnathan, agus an déigh na dìinneir bha ceòl is òraidean aca gu dlùth air meadhon-oidhche. Bha an là air a chumail 'san dòigh cheudna 's air caochladh dhòighean eile ann an iomadh àite bho chuan gu cuan-Goill is Gàidheil Albannach mar so a' cur onair air dùthaich is cliu an sìnnis.

Bu chòir a radh mu'n chriomaig phaipeir a chuireadh ann am MAC-TALLA 'n treas là deug de Nobhember, nach robh iadsan a bha pàidhte gu ceann na bliadhna so ri suim sam bith a ghabhail dheth. Bha e air a chur a mach a mhàin air-son cabhag a chur orrasan a bha air deireadh.

[TD 90]

[Vol. 12. No. 12. p. 2]

Mharbh Tormaid Mac-Phéitiris, Loch Bhlackett, muc an la roimhe, ceithir mìosan deuga dh' aois, a chothromaich seachd ceud us cóig puinn.

Tha beul acarsaid Mhabou air a ghlanadh gus am bheil an t-uisge cóig deug no sia deug de throidhean a dhoimhneadh aig làn na mara. Tha da cheidhe guail anns an acarsaid, agus cumaidh gach aon diù ochd ceud tunna.

Dh' fhosgail Pàrlamaid Nobha Scotia seachduin gus an dé. 'Se 'n gnothuch àraid a tha fa 'comhair aig an àm so sgaradh laghail a dheanamh eadar cuideachd a' ghuail is cuideachd an iarunn. Cho luath 'sa bhios sin air a dheanamh, gabhaidh an tigh fois gu 'n déigh na bliadhn' ùire.

Chaidh Calum Mac-Gilleathain, a mhuinntir Bhaoghasdail, a mharbhadh air an rathad-iarunn an <eng>Glac Bay<gai> air an t-siathamh la fichead de Nobhember. Bha e na bhrakeman, agus air dha bhi aig 'obair chaidh càr thairis air ga 'ghrad mharbhadh. Bu mhac e do Dhomhnull Mac-Gilleathain, am Baoghasdal, agus cha robh e ach bliadhn' air fhichead a dh' aois.

Chaidh Oil-thigh Caitliceach ann an Ottawa a losgadh seachduin gus an Di-ciaduin s'a chaidh. B'fhiach an togalach 's an innsridh mu dha cheud mìle dolair, agus bha ceud gu leth mìle dh' urrasachadh air. Thatar a deanamh mach gu robh seana bhean a bha na 'searbhanta 'san tigh air a losgadh gu bàs. Fhuair càch uile as le 'm beatha. Bha aon de na sagairt air a dhroch leònadh, ach theid e 'm feobhas.

Tha a bhreac, a bha gle phailt mu 'n Bhàgh an Ear 's mu'n Phòn Mhór

air a mhios s'a chaidh, air a cur fodha 'n ìre mhath, agus bidh dòchas againn nach sgaoil i air feadh na siorrachd tuilleadh. Gu fortanach cha b' easlaint fhior dhona i, agus cho fad 's is aithne dhuinn cha d'aobharaich i o'n thainig i 'n taobh a stigh de 'r crìochan ach aon bhàs. Air a shon sin 's ann mar a's luaithe gheibhear as an duthaich i a's fhearr.

Air Abhainn <eng>St. Lawrence,<gai> re an t-samhradh 's an fhoghair s'a chaidh, bha cóig soithichean deuga air an cur an cunnart le dhol air grunn an àiteachan 'san robh an t-uisge tana. Fhuair aon dhiu so as gun dhochann sam bith; bha ochd air an d' rinneadh beagan millidh; tri air am milleadh gu dona, agus tri air an call gu tur. Anns na ceithir bliadhna roimhe sin chaidh ceithir soithichean fichead air grunn 'san abhainn, agus dhe'n àireamh sin bha cóig air an call gu buileach.

Maduinn an 29mh la de Nobhember, bha droch theine ann am baile na Mèinne Tuatha leis an deach an togalach aig an <eng>Rarig Engineering Co.<gai> a losgadh gu làr cuide ris gach ni a bha 'n taobh a stigh dheth. Bha a chuideachd a dh' ainmicheadh ag obair air togail fhùirneis do chuideachd an iarunn, agus air tàille an teine bidh an obair sin air a cumail air ais 's mu dha cheud duine air an cumail na'n tàmh. Tha an call air a mheas aig leth-cheud mìle dolair. Cha'n eil fhios ciamar a thòisich an teine mur deach fhadadh le laimh duine.

Bha mèinn ghuail <eng>Springhill, N. S.,<gai> na 'tàmh fad seachduin, agus na mèinneadairean, mìle an àireamh, a' seasamh a mach. Bha so air tàille trioblaid a dh' éirich eadar iad fein 's fear-riaghlaidh na mèinne mu thomhas a ghuail. Roimhe so bha 'n tomhas air a dheanamh 'sa mhèinn, ach an deigh so tha e ri bhi air a dheanamh air uachdar na talmhainn. Air uairean bhiodh diubhar nach bu bheag eadar an da thomhas thaobh pàirt de 'n ghual a bhi air a chall air an t-slighe gu beul na mèinne. Di-luain s'a chaidh rinneadh còrdadh leis 'n do dh' aontaich na mèinneadairean gabhail ris an tomhas ùr, agus chaidh iad a dh obair maduinn Di-màirt.

An t-Urr. Murachadh Macascaill.

<eng>(Oban Times.)<gai>

Chaochail an t-Urr. M. Macascaill air a' mhios a dh' fhalbh, agus ann am bàs an fhior Ghaidheil so tha aon de na ministeirean a bha ainmeil troimh 'n linn a thainig gu crìch le bàs na Banrigh nach maireann. Rugadh e ann an eilean Leòghais, agus mar fhear labhairt Gailig bha e comasach, cothromach agus ealanta. Cha robh moran a b' urrainn an t-seann chainnt a ghleusadh na b' fhearr na esan. Nochd e na gibhtean so ann an siorramachd Pheairt, ann an Grianraig, agus fadheòidh ann an Dingwall. Rinn an Gaidheal ainmeil ùr-labhrach so e-féin neartmhor air dòigh no dha. Ann an àm trioblaid nan croiteirean dh' fhoillsich e gu 'n robh a chridhe air taobh còirichean an t-sluaigh. Ann an cùisean eaglaiseil rinn e strì laidir air taobh nan aobharan sin a bha e meas gu bhi chum eideachaidh. Bha e teann,

greimeil an aghaidh gach beachd a bha e meas mar mhearachd. A thaobh nan gnothuichean so cha 'n e ar dleasnas-ne a bhi toirt breith; ach bidh e a ghnàth 'na thlachd leinn a bhi deanamh iomradh air ainm, cliù, is gluasad Gaidheil a bha 'na onair do 'n dream o'n d' thainig e. Anns an t-seadh so bha am ministear cliùiteach so airidh air gach meas, gach urram, agus gràdh dùthchail a b' urrainn na Gàidheil a thoirt dha. Sgriobh e leabhraichean beaga a bha làn de reusonachadh comasach, a réir a bheachd-san, an aghaidh saobh-chreideamh an latha; agus air an dòigh so rinn e soilleir gu'n robh buadhan aigesan mar shearmonaiche anns a' Ghailig a dheanadh e comasach air an aobhar a bhiodh e a' tagradh a chur aig dòigh ghrinn, shnasail. Bidh iomadh Gàidheal deas is tuath a chluinneas le faireachdainean a bhios làn de fhior bhròn mu bhàs a' mhinistear ainmeil so.

LITIR A QUINCY.

A CHARAID,—Cha 'n 'eil fios again c'ait' a bheil àite-còmhnuidh Peigidh Phabach, ach tha fios agam gu bheil i daonnan a faotainn MHIC-TALLA, agus tha mi air son taing a thoirt dhi air son "Oran a' Mhathain" a chur 'sa MHAC-TALLA. Chòrd e rium ro mhath. B' e fhein am mathan gleusda. A nis ma theid aig Peigidh chòir air "Oran a' Mhàgain" fhaotainn 'sa chur a dh' ionnsuidh a phàipeir Ghàilig dhuinn bidh mi gu mor na 'comain. Tha an rann a leanas agam dheth:—

"Fàilt' ort fhéin, a' chreutair ghasda!
'S tu leat fhéin fo gheug an tasgaidh;
Bho 'n chaidh Eirionnaich air astar,
C' àit' bho 'n ghréin an d' fhuair thu fasnadh?"

Tha moran de chlann nan Gàidheal 'san àite so, ach cha 'n 'eil spéis ro mhor aig a chuid is motha dhiubh do 'n Ghàilig. Cha 'n 'eil iad a' cumail suas an aon phàipeir Gàilig a tha againn. Bha là eile ann-la anns an robh na Gàidheil glé dhìleas d' an cànan agus da chéile. Ar leam gu 'n robh iad anns na tìmannan ud a' cur àithne an Abstoil an gnìomh, a deanamh "gàirdeachas maille riùsan a tha ri gàirdeachas, agus caoidh maille riùsan a tha ri caoidh."

Tha mi 'cur ugad leis an litir so tri rannan de chumha a rinn Pàra Mór Mac Criomain air son a mhaighstir, Ruairidh Mór Mac Leoid, a fhuair bàs 's a' bhliadhna 1626. Thathar ag ràdh gur e 'n ceòl a rinneadh leis na facail so a' phìobaireachd is ceòlmhoire a rinneadh riamh. An uair a dh' fhalbh an anail á Ruairidh Mór thog Pàra Mór a phìob air a ghuala, 's a cur a chùl ri Dunbheagain, agus mar a thrial e sios gu Bòraraig rinn e 'chumha so is sheinn e air a' phìob i:—

"Tog orm mo phìob is theid mi dhachaidh,
'S duilich leam fhéin mo léir mar thachair;
Tog orm mo phìob 's mi air mo chràdh,
Mu Ruairidh Mor, mu Ruairidh Mor.

Tog orm mo phìob—tha mi sgith,
'S mur faigh mi i theid mi dhachaidh;

Tog orm mo phiob—tha mi sgith,
'S mi air mo chràdh mu Ruairidh Mor.

Tog orm mo phiob—tha mi sgith,
'S mur faigh mi i theid mi dhachaidh.
Clàrsach no piob cha tog mo chridh.
Cha bheo fear mo ghràidh Ruairidh Mor.”

Do charaide,
M. MAC LAOMUINN.
<eng>Quincy, Mass.<gai>

AN DUTHAICH.

BHO chuan gu cuan eile tha iomradh air a dheanamh gun tàmh air Alasca 's air a chall mhuladach a thàinig air Canada anns a' chòrdadh a bha i iarrtuiseach a thabhairt mu 'n cuairt ann an dòigh laghail, fhìrinneach, cheart, mu dheibhinn Alasca 's na caoil a tha eadar Clondaic agus an cuan mor, farsuing a tha air taobh thall Chanada. On tha Clondaic a nis co dichollach, 'us on tha moran daoine air an tarrning g'a ionnsuidh do bhrìgh gu bheil an t-òr pailt, tha iad le aobhar gu leoir feargach gu tainig na Breitheamhan àrda gu codhùnadh a tha an aghaidh gach fianuis 'us teisteis a bha air an cur f' an comhair. Bhuidhich leis na Staidean anns gach cùmhnant a rinn iad riamh le Breatunn. Nam faigheadh Canada a coir fein, bhitheadh aice an diugh Staidean na h-àirde 'n iar 'us na Staidean a tha dlùth air Camus Mhecsico. Tha e co soilleir ris an latha nach tug na Breitheamhan aire cheart no éisdeachd chùramach, phongail do gach teistear 'us eachdraidh 'us argumaid a bha air an cur gu glan, dìleas anns na h-òraidean a rinn na fir-lagha gheur, thapaidh, ionnsuichte 'n an làthair. B' e beachd a Mhorair Albharstone gu buineadh e dhasan gu sònruichte 'bhi 'na fhear meadhoin eadar na Breitheamhan eile. Co nach fhaic nam bitheadh a' chùis mar so gu bu chòir do 'n àireamh cheudna air a bhi air gach taobh—tri air gach taobh—agus esan an seachdamh fear le ùghdarras anabarrach réite 'dheanamh eadar na daoine eile. Tha e gle fhior nach do choisinn Albharstone moran cliù no cliù air bith dha féin agus do luchd-lagha àrda Shasuinn. Ged bha na Breitheamhan uile de 'n aon bheachd gur la Canada ceithir eileanan a tha ann an Caol Phortland, gun chead no comhairle Tetté 's Ailsworth iarruidh no fhaotuinn thug Albharstone dithis de na h-eileanan do na Staidean, agus gus an latha 'n diugh cha d' innis e c'arson a rinn e gnìomh co cearr agus co mi-onorach. Cha 'n 'eil aig na Staidean ach fuaim eagalach a dheanamh agus ballsgaireachd àrd a thogail agus gheibh iad daonnan mar a fhuair iad riamh lamh an uachdair air Canada. Chosd cùmhnant Alasca, leis gach mi-onoir agus mi-cheartas a tha dlùth-cheangailte ris, da cheud mìle dollar do Chanada—pris ro mhor da rìreadh airson anaceartas follaiseach. Tha iadsan ann an Sasunn a tha 'cumail a mach gu bheil a' chomhstri 'nis seachad eadar Breatunn agus na Staidean, agus air an aobhar so gu tig e do Chanada stad de 'seanachas mi thoilichte 's aontachadh leis a chùmhnant a tha 'nis an làthair an t-saoghail. Gus an tig crìoch air an t-saoghal, is coir do gach neach 'us dùthaich ceartas iarruidh no fhaotuinn, le

dragh, no gu furasda, ealamh. An uair a chruinnicheas a' Phàrlamaid a rithist ann an Ottabha bithidh deasboireachd chruaidh, sgairteil ann, mu dheibhinn an dòigh anns an do dhion ar luchd-riaghlaidh cùisean 'us coirean 'us fearann 'us eileanan Chanada ann an Alasca. Mur teid na Staidean a stigh le 'n innleachdan mosach do 'n fhairge reòta mu thuath, a dh' fhaotuinn cuibhrionn de 'n fhearann reòta, cha 'n 'eil, a réir gach coslais, aite no talamh eile anns an urrainn doibh guth a thogail, no sealbh iarraidh le dòighean fiar no dìreach. Ma dh' fhaoidte gu tig an latha anns an abair iad gur ann doibhsan a bhuineas mo charaid grinn, aosmhor, Mac-talla, 'tha 'tuineachadh a nis air mhodh sònruichte ann an Sidni. Bha guth Mhic-talla ard, farsuing, ceòlmhor, farumach am measg nan glinn 's nan creag mu 'n d' rugadh Albharstone 's gach Breitheamh a bha 'n an suidhe maille ris, agus a rinn eucoir air Canada.

Tha ar luchd-dùthcha ann an Canada 'gabhail

[TD 91]

[Vol. 12. No. 12. p. 3]

beachd ùr air cùmhnant Ashburton trid an do chaill sinn Stàid Mhaine, 's mar so slighe dhìreach anns gach àm de 'n bhliadhna a dh' ionnsuidh a' chuain mhoir. Thainig car uamhasach anns a' chrioch eadar sinn fein agus na Staidean, agus mar so thugadh Maine uainn agus comas imeachd tre ar dùthaich dhiongmhalta féin.

Bithidh cuimhne aig luchd-leughaidh MHC-TALLA mar rinn long de na Staidean d'am b'ainm Trent eucoir air long Breatunnach. Bha aig an àm so cogadh fuileachdach a dol air aghaidh am measg nan Staidean féin. Thug luchd-riaghlaidh Bhreatuinn achmhasan geur, neo-sgathach do na Staidean mu thuath, iad a liubhairt suas gun dàil an da dhuine 'thugadh leis an lamh laidir as bàta na smùide 'n Trent. Aig a cheart àm chuir Breatunn le deifir anabarrach saighdearan dearga 'nall a dhion Chanada nam bitheadh na Staidean co amaideach 's nach tugadh iad géill do 'n achmhasan chruaidh, gheur a thug Breatunn doibh. Is ann le dragh eagalach a thainig saighdearan ann am meadhoin a' gheamhraidh bho 'n chuan gu baile-mor Chuebec agus àitean eile.

Chunnaic gach neach a bha 'gabhail beachd chùramach air tearuinteachd Chanada gu feumadh rathad-iaruinn a bhi againn duinn fein troimh roinnean iochdrach na dùthcha gus a' chuan mhor. Is ann mar so 'thòisich an <eng>Intercolonial<gai> (mar their iad ris) air a bhi air a thogail. Is e rathad iarunn gasda 'tha ann. Ged tha e 'g imeachd gu tric troimh ionadan nach 'eil ach bochd 'us neo-thorrach, is e rathad grinn, sèamh a tha ann agus tha e air a ghleidheadh ann an òrdugh maith. Tha e 'ruigheachd a' Bhaile-rioghail a nis, agus chosd e bho thoiseach gu deireadh deich agus tri fichead muillion dollar do 'n dùthaich. Tha moran seanachais air a dheanamh aig an àm so mu dheibhinn an rathaid iaruinn a tha 'n asgadh roinnean àrda 's roinnean iosal Chanada ri chéile, am feadh tha iomradh air a dheanamh gu minic air an rathad ùr a tha 'dol gus a' chuan air taobh

an iar de Chanada. Ni mi luadh air an rathad ùr anns an ath litir.

CONA.

ROBINSON CRUSOE.

CAIB. V.

BEAGAN uine an deigh dhuinn tighinn air ais do Lunnainn, gu mi-fhortanach dhomhsa, dh' eug mo dheadh charaid, sgiobair na luinge; ach o 'n a chuir mi romham seoladh a rithist gu ruige Guinea, a chum an tuilleadh malairt a dheanamh ann, sheol mi anns an luing air an robh mi roimhe. An deigh bas an sgiobair, rinneadh sgiobair dhe 'n fhear a bha 'na mhet air an luing roimhe sid.

B' e sid an turus bu mhi-fhortanaiche air an robh mi riamh. Mu 'n d' fhalbh mi, dh' fhag mi mu dha cheud punnd Sasunnach dhe 'n airgiod a bh' agam air curam na bantraich a dh' fhag an seann sgiobair, agus bha i gle onarach agus ceart rium. Cha d' thug mi leam ach mu cheud punnd Sasunnach dheth.

Mar a dh' ainmich mi mar tha, thainig mi-fhortain eagallach 'nar rathad; agus so mar a thachair a' cheud aon diubh:—An uair a bha 'n long a' seoladh eadar Eileanan Chanari agus Africa, ann an soilleireachadh an latha thainig long Thurcach, creachadair-cuain a Salee, 'n ar deigh gus ar glacadh. Bha i fo lan-aodach. Chuir sinne an long againn fhin fo h-aodach cho math 's a ghiulaineadh i feuch am faigheamaid teicheadh; ach bha 'n creachadair a' sior dhluthachadh oirnn; agus an uair a thuig sinn gu 'n tigeadh i suas ruinn ann an da uair an uaireadair, rinn sinn gach deisealachd 'n ar comas a chum cath a dheanamh rithe. Bha dha-dheug de ghunnachan-mora againne air bord, ach bha h-ochd-deug acasan.

Mu thri uairean feasgar thainig an creachadair suas ruinn, agus le nadar de mhearachd tharruinn e suas mu choinneamh na cliathaich againn, an aite tarruinn mu choinneamh an deiridh mar a bha an sgiobair an duil a dheanamh. Mu 'n gann a chaidh e 'na fhaireachadh loisg sinne ochd urachraichean ris a' chliathaich aige, agus thug so air tarruinn air falbh an deigh dha losgadh oirnn le feadhainn dhe na gunnachan-mor; agus loisg an da cheud fear a bh' aige air bord oirne leis na gunnachan-caola a bh' aca. Ach air a shon sin cha d' rinneadh dad air duine dhe na bha air bord againne, oir chum sinn sinn-fhin gu math ann am falach.

Rinn e deas a rithist gus garbh ionnsuidh a thoirt oirnn, agus rinn sinne deas gus sinn-fhin a dhion; ach o'n a fhuair e cothrom air tighinn tuilleadh is dluth dhuinn air a' chliathaich eile, chaidh aige air tri fichead dhe 'chuid daoine a chur air bord againn, agus anns a' mhionaid thoisich iad air gearradh na dec agus nam ball a bha teannachadh nan crann, agus thoisich sinne air losgadh orra leis na gunnachau-caola, agus ri gabhail dhaibh leis gach maide, agus gach inneal-marbhaidh eile a thachradh a bhith deiseil dhuinn. Dh' fhuadaich sin da uair bhar buird iad. Ach air a shon sin, o 'n a bha

'n long againn air a cur o fheum, agus triuir dhe ar daoine air am marbhadh, agus ochdnar eile air an leonadh, b' fheudar dhuinn geilleadh, agus thugadh mar phrìosanaich sinn gu ruige Sallee, baile-puirt a bhuineadh do na Mooraich.

Cha robh an doigh anns an do dh' fheuchadh riumsa anns an aite ud cho eagallach 's a bha mi 'n toiseach a' smaointean, agus cha mho a thugadh suas an duthaich mi gu cuirt an Iompaire mar a rinneadh air cach. Chum sgiobair a' chreachadair aige fhein mi mar a chuid dhe 'n chreich, a chum gu 'm bithinn 'nam thraill aige, o 'n a bha mi og agus fuasgailteach air son obair a dheanamh.

Bha mi 'g am fhaireachadh fhin ann an suidheachadh anabarrach mi-thoilichte an uair a thugadh mi o bhith 'nam mharsanta gu bhith 'nam thraill thruagh. Agus bha mi gu math tric a' smaointean air na briathran a labhair m' athair an uair a thuirt e gu 'm bithinn fhathast ann an suidheachadh truagh, agus gun duine sam bith ann a bheireadh fuasgladh dhomh; agus bha mi 'smaointean gu 'n d' thainig an fhaistneach a rinn e gu teachd, agus nach b'urrainn gu'm bithinn gu brath tuilleadh na bu mhiosa dheth na bha mi; agus a nis gu 'n d' fhuair lamh Nèimh greim orm, agus gu 'n robh mi air dol a dhith 's gun neach ann a bheireadh fuasgladh dhomh. Ach, mo thruaighe! cha robh an so ach blasad beag dhe 'n eiginn 's de 'n chruaidh-chas troimh an robh agam ri dhol, mar a chithear anns na tha agam fhathast ri innseadh dhe mo naigheachd.

O 'n a thug mo mhaighstir ur mi d' a thaigh fhein, bha mi ann an dochas gu 'n tugadh e leis mi a' cheud uair a rachadh e gu muir, agus bha mi 'toirt orm fhin a chreidsinn gu 'm faodadh gu 'm biodh e air a ghlacadh le luing-chogaidh a bhuineadh do 'n Spain, no do Phortugal, agus an sin gu 'm faighinn mo shaorsa.

Ach chaidh an dochas so buileach glan as an t-sealladh; oir an uair a chaidh e gu muir, dh' fhag e aig an taigh mi, gus a bhith 'g obair anns a' gharadh a bh' aige, agus gus a bhith 'g obair air gach car beag suarach a bhiodh aig traillean ri dheanamh mu 'n cuairt an taighe aige. Agus an uair a thainig e air ais dh' ordaich e dhomh fuireach anns a chaibin gus a bhith 'g amharc as deigh gach ni a bhuineadh do 'n luing.

Am feadh 's a bha mi anns an t-suidheachadh so, cha robh dad a' tighinn fo 'n ear dhomh ach ciod an doigh air am faighinn teicheadh; ach cha robh mi 'faicinn doigh sam bith leis an rachadh agam air so a dheanamh. Cha robh neach sam bith ann ris an cuirinn mo chomhairle agus a bhiodh deonach falbh comhladh rium. Cha robh Albannach, no Eirionnach, no Sasunnach am measg nan traillean a bha comhladh rium. Fad da bhliadhna, ged a bha mi 'g am thoileachadh fhin le bhith 'smaointean gu 'm faighinn cothrom air teicheadh, cha d' fhuair mi riamh an cothrom, no a' mhisneach bu lugha, gus teicheadh.

An uair a chaidh corr is da bhliadhna seachad, thachair rud annasach, a thug orm a bhith 'smaointean gu 'n rachadh agam air cothrom fhaotainn air teicheadh. Bha mo mhaighstir aig an taigh na b' fhaide na bu ghnath leis, agus gun ghuth aige air an long a chur

an ordugh. Chuala mi gur ann gann a dh' airgiod a bha e. Bu ghnath leis a dhol da uair 's an t-seachdain, no na bu trice, le geola bheag na luinge, a dh' iasgach astar math o thir; agus o 'n a bha mise agus balach og do 'm b' ainm Moresco comhladh ris an comhnuidh gus a bhith 'g iomradh na geola, bha sinn a toirt toileachaidh gu leor dha, agus bha mise gle mhath gu iasgach. Is minic a chuir e mise agus Moresco, agus aon dhe luchd-daimh a dh' iasgach an uair nach b' urrainn da fhein a dhol ann.

Aig am araidh, thachair dhuinn a dhol a dh' iasgach air madainn gle chiuin. Ged nach robh sinn gle fhada o thir, an uair a thuit ceo trom, dumhail air a' mhuir, cha robh fhios againn ciod e an taobh air an tugamaid ar n-aghaidh, oir chaill sinn gu buileach sealladh air a' chladach. Thoisich sinn ri iomradh an duil gu 'n rachadh againn air an cladach a thoirt am mach air thuairme. Bha sinn ag iomradh fad an latha 's na h-oidhche, agus an uair a thainig a' mhadainn, thug sinn an aire gur ann a bha sinn a' sior dhol na b' fhaide o thir an aite bhith 'tighinn dluth do thir, agus gu 'n robh sinn pailt sia mile o thir. Ach air a shon sin chaidh againn air tir a thoirt am mach; ach cha b' ann gun sgios, gun chunnart, oir thoisich a' ghaoth ri seideadh gu math laidir anns a' mhadainn. Ach bu shuarach na bha oirnn de sgios an deigh dhuinn a bhith 'g iomradh fad an latha 's na h-oidhche seach na bha oirnn de dh' acras.

Ghabh mo mhaighstir rabhadh o 'n mhi-fhortan so a thachair dhuinn, agus chuir e roimhe gu 'n tugadh e an aire mhath dha fhein 'na dheigh sid. Bha 'm bata-fada a bha anns an luing againne air a gleidheadh gu curamach aige, agus chuir e roimhe nach rachadh e dh' iasgach gu brath tuille gun chombaiste, agus biadh gu leor a bhith air bord aige. Mar so thug e ordugh do 'n t-saor a bha air bord na luinge aige-agus bu Shasunnach a bh' anns an t-saor so, a ghlac e uair-eiginn an uair a chreach e long Shasunnach-thug e ordugh dha, tha mi 'g radh, taigh-giubhais beag, grinn a thogail ann am meadhain a' bhat'-fhada, agus aite fhagail anns an deireadh do fhear na stiuireach, agus do 'n fhear a bhiodh aig an sgod, agus aite fhagail mar an ceudna aig fear no dithis anns an toiseach gus na siuil a chur suas. Bha i air a cur an ordugh air son aon seol a bha coltach ri ceathramh toisich caorach, agus bha am bom cho ard 's gu 'n rachadh e o thaobh gu taobh seachad os cionn an taigh-giubhais an uair a bhiodh sin feumail. Bha 'n taigh-giubhais so cho mor 's gu 'n robh aite cadail aig triuir ann, aite air son buird air an gabhadh iad am biadh, agus aite air son biadh is deoch a ghleidheadh, gu sonraichte, aran agus rais, agus cofi.

Chaidh sinn gu math tric a dh' iasgach anns a'

[TD 92]

[Vol. 12. No. 12. p. 4]

bhata so, agus o 'n a bha mise anabarrach math gu iasgach, cha d' fhalbh mo mhaighstir riamh a dh' iasgach gun mi bhith comhladh ris.

Thachair dha lath' araidh a shuidheachadh air son a dhol a dh' iasgach, no greis a thoirt air seoladh, a chum e fhein agus a chairdean a thoileachadh. Bha dithis no triuir de Mhooraich a bha ann an suidheachadh gu math ard gus falbh comhladh ris, agus rinn e ullachadh neo-chumanta air an son. Am feasgar mu 'n robh duil aige falbh, chuir e pailteas de gach seorsa bidh is dibhe a b' fhearr na cheile air bord, agus thug e ordugh dhomhsa tri gunnachan, agus fudar is luaidhe gu leor a chur air bord anns a' bhata, gun fhios nach fhaigheadh iad cothrom air eoin a mharbhadh a bharrachd air iasgach a dheanamh.

Fhuair mi gach ni dhiubh so deiseil mar a dh' iarr e orm; agus air an ath mhadainn an deigh dhomh am bata fhaotainn glan deiseil, agus ann an ordugh cho math 's a b' aithne dhomh, bha mi 'feitheamh gus an tigeadh mo mhaighstir, agus na h-aoidhean a bha gu bhith maille ris. An ceann beagan uine thainig mo mhaighstir air bord 'na aonar, agus dh' innis e dhomh nach robh na h-aoidhean gu tighinn comhladh ris an lath' ud, o 'n a thainig orra sealltainn as deigh gnothaichean araidh a bhuineadh dhaibh. Dh' ordaich e dhomhsa agus do'n duine 's do 'n bhalach a b'abhaist a bhith comhladh rium, a dhol am mach leis a' bhata mar bu ghnath leinn feuch am faigheamaid iasg, o 'n a bha a chairdean gus an suipear aghabhail anns an taigh aige air an fheasgar ud. Agus dh' ordaich e dhuinn tilleadh dhachaidh cho luath 's a gheibheamaid iasg; agus gheall mise gu 'n deanainn so.

(Ri leantuinn.)

EOBHAIN BAN MAC AN T-SAIGHDEIR.

LE SEUMAS N. MAC FHIONGHAIN.

CAIB. XX.

AIR AN T-SLIGHE DHACHAIDH-NA CHUNNAIC 'S NA CHUALA EOBHAIN AN GLEANN DUIBHRE-MAR THACHAIR AIG A' CHLADACH-A' CHRIOCH.

DH' FHAG sinn Eobhain bàn a fàgail Dhunéideann, is aghaidh air beanntan an fhraoich, a' dol a' dh' amharc a chàirdean. Ged a bha Eobhain dreachar a fàgail na dùthcha, tha e na 's deise 's na 's dealbhaiche gu mor a nis air thàille na saighdeireachd, a dh' fhàg a phearsa gun mheang, air chor 's gu 'n robh iomadh sùil maighdinn agus gach aon a bha tachairt ris air an t-slighe a' tionndadh 's a' sealltainn na dhéigh. Rainig e mu dheireadh Bail'-an-Iubhair, agus ann an sin chuir e dheth culaidh an t-saighdeir airson reusan àraidh, agus chuir e uime trusgan cumanta, mar b' àbhaist da bhi caitheamh 'san àite. Ged a bha 'm feasgar a tighinn chuir e roimhe aghaidh 'chur air a mhonadh gharbh an oidhche sin fhein, oir mar bu dlùithe bha e tighinn da sheann dachaidh 's ann bu mhotha chabhadh 's a chùram. Gun a dhol an còir a charaide 'sa bhaile, air eagal 's gu 'n cumadh e e, ghabh Eobhain an ceum garbh air an robh e gu math eòlach, a bha dol tarsuinn Ghlinn Duibhre, far an robh dùil aige anail a leigeil le 'sheann bhana-charaid, Ealasaid odhar, agus

naigheachd fhaighinn air an fheadhainn a bha dlùth da chridhe.

Is e oidhche bhalbh, shàmhach a bh' ann-aon de na h-oidhcheannan sin a shaoileas sinn a bhios Nàdar a cumail a h-analach 's aig fois shèimh, 's air an tig an fhuaim is faoine gu 'r cluais bhar astar gu soilleir, 's air an cuir leum na h-uisge á còs crith air a chuirtear, mar fhuaim gunna-mhóir. Bu lùthmhor ceum Eobhain a gabhail gach athghoirid air an t-slighe, a leum o ghnoban gu gnoban le cois chinntich nach robh gabhail òrdugh sam bith o'n cheann. Ràinig e mu dheireadh bruaich Ghlinn Duibhre, os cion a' Mhuilinn Duibh, 's a suidhe sìos an tom raineach thòisich e feuch an deanadh e 'mach troimh 'n dorchadas, gach stùc is gleann air an robh e eòlach mu 'n cuairt. Bha 'chridhe 's farum aige bualadh le toileachadh air dha 'chreag mhor ghlas 's gach bearradh cas fhaicinn air an robh e eòlach, 's air an robh e sealltainn mar sheann chàirdean gràdhach. Thionndaidh e sin a shùil sìos an gleann duaichni, ach cha bu léir dha ni; bha brat trom, dorcha mar a b' àbhaist ga 'fhalach, mar gu 'm biodh nàire air Nàdar as a h-obair, agus i, cleas cuid de na mnathan taighe, aig am bi seann bhrògan is luideagan fo chuibhrig bòidheach, gus an t-sùil a mhealladh. Ach chluinneadh Eobhain gu soilleir torman na h-aimhne 'sa ghleann, a toirt na 'chuimhne an oidhche mu dheireadh a chuir e seachad 'sa mhuileann dubh, 's a ghàbhadh ann. Thainig fiamh gàire air a ghnùis, air dha smaointinn air a chleas a rinn e air an Osdair Dhubh 's air Uilleam. "Cha rachainn an urras," ars' esan ris fhéin, "nach gabhadh iad- A Dhia beannaich mi! dé bha sud?" ars' ar curaidh, 's e aig a mhionaid ud, mu 'n do chuir e crìoch air na briathran, air an aon sgriach bhàis-an aon sgriach a b' eagallaiche 'chual e riamh, a dh' aindeoin bhàis is àr, a chluinntinn a tighinn a nuas as a Ghleann rathad an t-seann mhuilinn. Dh' eirich e gu luath agus ruith e sìos, 's an uine gun bhith fada ràinig e 's an anail an àirde 'chléibh. Fhuair e Ealasaid odhar na 'h-aonar aig an dorus fhosgailte, 's a da shùil an impis leum as a ceann le eagal do-labhairt. Bha 'n crùisgein laiste na 'laimh 's bha 'sholus buidhe, mùgach, gun ghluasad 'sa chiùine bha riaghladh 's a fàgail gach ni bha ga 'chuirteachadh mi-nàdarra 's air chumaidhean iongantach. An uair a nochd Eobhain 's a chuairt sholuis, theab Ealasaid a dhol á cochull a cridhe, ach air dha labhairt 's air dhi aithneachadh, leig i as an crùisgein 's rinn i greim bàis air le 'da laimh.

"O, eudail, an oidhche bha 'n so an nochd! an oidhche bha 'n so an nochd!" ars' ise eadar na deòir, a rithist agus a rithist, mu 'n rachadh aig Eobhain air facal fhaighinn aise mu 'n chùis. Ach air dha an crùisgein a thogail agus sealltainn mu 'n cuairt air, chunnaic e iomadh comharradh 'bha ag innse dha gu 'n robh blàr fuilteach 'sa bhad beagan mhionaidean air ais. Air gach laimh bha botuil bhriste, is fuil, is stiallan aodaich, agus an aon àite fhuair e ciabh phabach ghruaige, a bha glé choltach ris a bhàrr a dh' fhàg e 'fàs air crùn an Osdair dhuibh fhein. Thionndaidh e ri Ealasaid, a bha nis gu balbh ga 'leantuinn, "C'ait' am bheil do mhaighstir agus Uilleam?" Ghabh i gu sàmhach ceum air adhart, 'sa tomhadh a corraig ris an luba dhuibh gun ghrund a bha dlùth, thuirt i, "Tha iad ann an sud." Chaidh Eobhain thun na bruaich leis a chrùisgein agus 'san doimhne dhuibh, shalaich, am measg an

duilleagan bàthte, chunnaic e 'n toll far an deach iad sìos, 's na glumagan fhathast an dràsda 's a rithist a spreadhadh air uachdar. Fhuair e slat 's ga 'cur sìos cha do thachair ni ris, agus thuig e an uair sin gu 'n robh Osdair dubh Ghlinn Duibhre 's a chompanach uilc air an réis a ruith 'san t-saoghal, agus gu 'n robh iad na 'n suain shiorruidh 'san leabaidh a dheasaich an droch ghnìomharan fhéin dhaibh ré am beatha.

Is e ar n-obraichean fhein daonnan, biodh iad math no olc, a leanas sinn na 's dlùithe na bràthair thun na crìche, ga 'r saoradh no ga 'r dìteadh. Agus mar sin an t-aon a ni chòir cheart, cha 'n ann airson eagal ach airson gaol Dé, bidh ionmhas aige aig crìoch a réis is fhèrr na 'n t-òr, agus fianuis dhìleas a thagras a chuis air beulaobh a Bhreitheamh mhóir an cathair a' bhreitheanais.

Fhuair Eobhain bàn a mach o bhriathran bristeach Ealasaid gu 'n do thòisich na seòid gu càirdeil, réidh air òl feasgar, ach ge air bith dòigh 'san do choisinn Uilleam teith diomb an Osdair, dhiult e boinne tuilleadh a thoirt dha de 'n stuth theinnteach bu mhiann leis, ged a bha e fhein, gus am barrachd dorrain a chur air a chompanach, ga 'òl mu choinneamh a shùilean 's ga 'mholadh gu subhach, gach còrn a thràghadh e. Cha do sheas Uilleam so fada, 's thug e ionnsuidh air a bhì na chuid a dh' aindeoin an Osdair, is chaidh iad mar sin an gruagan a chéile gu nimheil. A dh' aon rùn chaidh iad a mach do 'n fharsuinneachd, 's cha bhì fios gu brath co aca dh' fheuch ris an fhear eile 'chur do 'n luba dhuibh. Is e 's docha gu 'n robh e na 'n aire le chéile, agus mar a chunnaic sinn, chaidh iad sìos an greim bàis an glacaibh a chéile, 's an sin fàgaidh sinn iad, oir cha 'n fhiach iad an toirt as.

Bha aig Ealasaid air chùl a cinn na chum gu co-fhurtail i fhad 's bu bheò i. Agus na bothan beag, air falbh o chuirteachadh olc, bha 'cridhe 's a laimh fosgailte, fialaidh ris an fheumach gu deireadh a làithean; 's bidh dòchas againn gu 'n do rinn so suas airson na bhatar a' cur as a leth na 'h-òige. Agus aig fois fàgaidh sinn i 's cha toir sinn luaidh air a h-ainm tuilleadh.

Bu bhrùite, goirt cridhe Eobhain bhàin, 'nuair a fhuair e 'mach mar a thionndaidh cùisean o'n a dh' fhàg e. Dh' fhàiltich iad e 'sa bhothan bhoichd mar neach air tilleadh bhar an t-saoghail eile, 's a mhàthair bhoichd, cha 'n fhuiligeadh i idir as a sealladh e, air eagal 's gu 'm fàgadh e i mar a rinn e roimhe. B' aoibhneach, toilichte Mairi dhìleas, 's na deòir le barrachd an t-sòlais le 'gruaidhean tana, agus bu phàigheadh dùbailte leatha airson na rinn i briathran blàth Eobhain, agus a thaing dhi 'nuair a fhuair e 'mach o dhaoin' eile na chaidh i roimhe agus a dìlseachd dha mhathair. An ùine gun a bhì fada bha iad air ais 'san Dùn, na seann dachaidh cho-fhurtail, agus gu math na b' fhèrr, le cuideachadh Eobhain, air an dòigh na bha iad 'sa bhothan thruagh 's a mhonadh ùdlaidh. Bu mhor an gàirdeachas a nis a rinn a chàirdean maille ri Eobhain bàn mac an t-saighdeir, air dhaibh a chluinntinn cho math 's a rinn e 'san arm, agus thàinig iomadh aon air adhart a thagairt càirdeis 's a chrathadh a laimhe, a chumadh taobh fuar an cinn ris 'sna làithean a dh' aom. Cha robh aig ar curaidh ach mìos folaidh, agus mar sin cha

robh dìinneir no cuirm thun nach robh e faighinn cuiridh, no air an cùnntas fasanta na 'm fuiricheadh e air falbh. A dh' aon fhacal bha gach aon 'san àite 'seinn cliù Eobhain a chionn a chommission a chosnadh 's a bhi nis na ofigeach am feachd Rìgh Deorsa, agus ri fàisneachd gu 'm biodh e fhathast, na 'm faigheadh e saoghal, na àrd-sheanalair. Cuid a chaidh cho fad air adhart leis a bheachd mhor so 's gu 'n robh iad a tighinn (a gabhail fàth air a chéile) far an robh e, air-son 's gu 'n toireadh e làmh-chuideachaidh (an uair a thigeadh an t-àm) do 'n cuid mhac suas fàradh nan àrd, ged a bha cuid dhiubh so air mhàgaran fhathast. Cha robh Eobhain ag radh a bheag, ach ag éisdeachd le fiamh gàire ris gach ni, oir bha e air an rathad a thaghadh roimhe so, 's cha robh e 'n im-cheist da mhionaid mu 'n chùis, an uair a dh' fhosgail an da rathad air a bheulaobh-an t-aon rathad, miann a chridhe, taitneach, 's a triall gu àrdaibh glòrmhor 'san t-saoghal so; agus an t-aon eile, rathad a dhleasnais, an cùil bhig, chumhang, gun bhuaidh a triall 'sna h-ìosail dhìblidh, ach aig am bi duais an taobh thall de 'n chrìch, air àrdaibh

[TD 93]

[Vol. 12. No. 12. p. 5]

nach dìrich sùil chorporra no inntinn.

Bha gaol aig Eobhain do 'n t-saighdeireachd, 's b'e miann a chridhe 'leantuinn, agus ged a bha gràdh aige air beanntan an fhraoich, dh' fhàgadh e iad gu toilichte air-son an toileachadh do-labhairt a bhiodh aige tighinn ga 'n ceumaibh uair is uair á dùthchannan céin. Ach a mhàthair, cha'n fhàgadh e 'muigh no mach, 's e faicinn cho toilichte 'sa bha i, na dòigh fhein, e bhi dlùth, agus cho beag fois 'sa bhiodh aice na'm biodh e beagan ùine as a sealladh. Mar sin gu bog, balbh, gun fhios do dh' aon ach do Mhàiri, reic e 'chommission 'san arm, agus leis a ghnìomh sin thug e stoirm fheargach mu cheann, an litrichean teinnteach o'n chòirneal Ghàidhealach 's o na h-ofigich eile. "Amadain òig!" ars' an Còirneal "smaointich fhathast dé tha thu 'deanamh, 's na gabh an ceum air na chunnaic thu riamh, 's posta caiptein ga d' fheitheamh, oir dh' eug Mac Leòid air thàille a lotan." Gu nàdarra thug na litrichean so osna no dha á cliabh Eobhain, ach gu duineil mhùch e sìos iad 's ghabh e 'shlighe fhéin.

Bha Una fhathast maille riutha, agus ged a bha i nis air fàs gu math cha 'n fhuiligeadh iad di gluasad. Cha robh i doirbh a cumail air dhi ionnsuidh fhaoin a thoirt air falbh, nuair a dh' fhàs i slàn, oir bha sùil aic' air Eobhain bàn fhathast, agus is docha gu 'n do bheothaich dòchas ùr na 'com dha thaobh. Bha Màiri bheag mar an ceudna le gaol gun diobradh, dìleas dha ceud gràdh riamh, ach mar a bha i 'n dùil, gun fhios do neach eile. Daonnan a cumail a dòchasan 's a miann fhein air chùl, na 'm biodh dad ri dheanamh a chum toileachadh a thoirt do dh'aon dhe na bha ga 'cuairteachadh, thòisich Màiri a nis le h-uile chridhe, ged a bha e goirt leatha, feuch an rachadh aice air Eobhain agus Una a tharruinn na bu dlùithe dha chéile, 's i smaointinn gu 'm b'e sin am miann na 'n dithis. Ach

cha robh Eobhain a gabhail nan cothrom a bha i toirt dha, no sanas sam bith, agus mu dheireadh smaointich i air bruidhinn ris mu 'n chùis.

Bha iad na 'n suidhe le chéile aon fheasgar Dòmhnach aig a' chladach, toiseach an fhoghair-feasgar grianach, blàth, 's na meanbh-chuileagan a' dannsa le aoibhneas 'sa ghréin mu 'n coinneamh, 's na faoileagan air sgéith gu réidh os cionn a bhàgh, 's burbhuachaille aonaranach air uchd nan tonn dlùth dhaibh, a' cumail sùil amhrusach air a chàraid agus sùil eile 'mach air-son meanbh iasg a chuireadh am fortan air. Dh' fhàg Una iad beagan mhionaidean roimhe so, 's a ceann air fàs goirt aig a ghréin, 's mar sin ghabh Mairi an cothrom, 's an déigh dhi bhi luaidh cliù Una le briathran blàth fad ùine, thubhairt i, "C'ar son, 'Eobhain, nach 'eil thu na 's caoimhneile ri Una?"

"Tha thu 'cur ioghnadh orm, a Mhairi," ars' esan; "cha 'n fhiosrach mise gu 'n robh mi ach caoimhneil rithe riamh."

"O, cha 'n e sin a tha mi 'ciallachadh idir! O, ach na fir! cho fior dhùinte 'sa tha iad!" arsa beul milis Mairi. "Cha tuig iad ni gus an innsear dhaibh e gu saor, soilleir seachd uairean, agus is gann na dhéigh sin nach fheumar a sgrìobhadh dhaibh; agus tha thusa coltach ri càch. O'n is fheudar dhomh 'ràdh 's e tha mi 'ciallachadh, c'ar son nach 'eil thu deanamh réit rithe, oir bha gaol agad oirre aon uair, agus, Eobhain, tha mise cinnteach gu bheil gaol aig Una ort fhathast."

"A Mhairi," ars' Eobhain, "seall orm 'san da shùil, agus innis dhomh an toireadh e nis toileachadh mor dhut Una agus mise fhaicinn pòsda?"

Dh' fhàs a gnùis bhòidheach cho dearg ris an sgàrlaid, ach gu tapaidh sheall i suas na 'shùilean agus thubhairt i, "Toilichte, 'Eobhain! dh' fhàgadh e mise gun teagamh toilichte sibhse fhaicinn toilichte an gaol a chéile, agus-agus—"

Aig a so stad Mairi, oir ag amharc an doimhne sùilean a chéile-sgàthan ar fior bhith-chunnaic gach aon aca an dealbh fhéin air a ghràdhachadh agus saoghal ùr a fosgladh anns am biodh an cridheachan 's an anamannan tàthte ri chéile an toileachadh do-labhairt gu dìlinn. An ath mhionaid chruinnich Eobhain ga ionnsuidh i, agus air a ghualainn chumhachdach shil a deòir aoibhneach gu frasach. An uair a bha iad greis sàmhach, oir cha robh feum air briathran, sheall Mairi suas 's na deoir fhathast mar mheanbh neamhnaidean air a ruisg fhada, agus thubhairt i, "Am bheil da rìreadh gaol agad orm, Eobhain?"

"Na cuir teagamh ann gu bràth, a ghaoil," ars' esan. "Is fhad o fhuair mi 'mach, a Mhairi, gur i d' iomhaidh chaoin bu doimhne bha 'n tarruinn na m' chridhe. Agus ged a bha, mar tha fios agad, mi 'smaointinn air Una aon uair, agus là ar pòsaidh air ainmeachadh, cha robh ann dhomh ach lasair bhras a thionndadh gu luaithe an ùine ghearr le 'teas fhéin. Agus ged a bhiomaid air pòsadh cha tàthamaid

mar bu chòir, agus cha tuigeamaid fìor rùintean a chéile gu bràth, agus mar sin tha mi toilichte gu 'n do thionndaidh cùisean a mach mar a thionndaidh iad."

"Ach O," arsa Mairi, "ciamar a dh' innseas mise so do dh'Una? O, cha 'n urrainn domh! cha 'n urrainn domh!"

Thainig fiamh gàire air Eobhain, 's e gu caoin a tarruinn falt mìn Mairi troimh mhedirean. "A Mhairi," ars' esan, "na cuireadh sin gruaimean ort; oir an dug thu idir an aire mar a thug mise—ged a bha thu 'g ràdh gu 'n robh na fir dall, dall, dùinte—an dug thu 'n aire cho tric 'sa tha Calum nan giomach a tighinn an rathad o chionn da sheachduin. Agus cha rachainn mionaid an urras nach 'eil e stigh aig a mhionaid so, oir chunnaic mi coltas na boineid aige 'deanamh dìreach air an taigh greiseag mu 'n do dh'fhàs ceann Una cho goirt."

Mar dhuais air-son a sùilean fhosgladh do 'n fhìrinn so, chaidh da ghàirdean Màiri mu 'amhaich, agus an ath mhionaid chaidh am burbhuachaille gu grunn an aigein le eagal, 's e air fuaim air choireiginn a chluinntinn air nach robh e eòlach.

Mar a thubhairt b' fhìor. Mu 'n do ruith da sheachdain bha Una dhonn a phìobaire na 'bana-mhaighstir an taigh bòidheach, sgiobalta Chalum nan giomach ri oir na mara, far an robh tomhas math de thoileachadh aice fad a beatha; ach bha i tuilleadh is eudomhain air-son blasad air fìor thoil-inntinn na fìor bhròn fhad 's bu bheò i.

Mar an ceudna an ceann mìos eile phòs Eobhain bànn 's a leannan dìleas fhéin. Agus an uair a bha iad na 'n suidhe gu subhach aig bòrd na bainnse le 'n càirdean, thainig am posta 'stigh le da litir, is té dhiubh, air an robh seul eilthreach, shìn e do dh'Eobhain, 's an te eile shìn e do bhean na bainnse. Le 'laimh fhein chuir Eobhain straic uair no dha le drùchd nam beann air corn na posta air-son a shaoithreach, agus an uair a dh' fhàg e iad, a' guidhe sonais agus sòlais do 'n chàraid òig, dh' fhosgail iad le chéile le car de dh'ìoghnadh na litrichean. Bha litir Eobhain á Staitean Aonaicht' America, o Chaipitean Uilleam Adam, agus bha pàirt di mar a leanas:—

"A charaid ionmhuinn: chinn am fortan fàbharrach dhomh o'n a chunnaic mi thu mu dheireadh air latha 'n àir mhoir am Belgium, Thainig mi ann an so gu bràthair mo mhàthar, a rinn beairteas mor 'san dùthaich so, agus a bàsachadh gun oighre da sheachdain an déigh dhomh tighinn dh'fhàg e agam gach nì. Ach, a charaid, a charaid, cha mheal mis' e fada, oir tha mi air leaba mo bhàis, 's am bàrr a chuir mi na m'òige nis air e fhein a chur an géill na m' phòraibh, agus theid mo mhùchadh leis is dòcha mu'n éirich griann eile. Mar sin tha mi 'cur mo thaighe 'n òrdugh mu 'm fàg mi slàn aig an t-saoghal, agus tha mi 'cur leth mo chodach gu m'aon phiuthair agus an leth eile ugad fhein, oir cha'n aithne dhomh aon is fhearr a nì feum dheth na thu. Gheibh thu e ri d' chreideas 'sa bhanc am Bail'-an-Iubhair. Slàn leat, a charaid. Tha 'm peann a fàs trom, trom, 's i fàs dorcha, dorcha. Ach tha reul-iùil—"

Bha na deòir an sùilean Eobhain air dha an litir a chur an laimh

Mairi, agus a breith air an litir aice fhein leugh e i mar an ceudna: Dìleab Mhurachaidh sgiobair na h-Iubhraich, a dh'eug latha roimhe sud-seachdain an déigh bàs a mhnatha. Ciod a b' iongantach le Eobhain na fhaicinn gu 'n do dh' fhàg e gach ni suas-mu chóig ceud punnd Sasunnach-aig Mairi, a toirt seachad mar reusan gu 'n robh 'shùil oirre fhad 'sa bha i na h-airc 's nach do mheataich i, agus nach robh caraid no dàimheach aige, agus nach robh aon air thalamh aig am b' fhearr leis e na ise-Màiri bheag, dhìleas.

Leis an uiread so de mhaoin cheannaich Eobhain oighreachd a' Bheallaich, agus bha e fhein is Mairi iomadh bliadhna na 'ceann, am meas 's an cliù aig gach aon, agus cha robh déirceach no bochd 'san sgìr air nach robh 'làmh fhad', fhialaidh a taghal. Agus thun an latha 'n diugh tha iomadh aon air feadh an t-saoghail a cunntais mar an it' a's àirde na 'm boineidean iad a bhi càirdeach do dh'Eobhain Bàn Mac an t-Saighdeir.

Ach ann an suidheachadh na h-òigridh dhi-chuimhnich sinn a ràdh gu 'n d'fhuair a mhàthair a tùr 's a ciall air ais, le barrachd an toileachaidh mar a thug barrachd a bhròin uaipe iad. Agus gu 'n robh i iomadh bliadhna maille riutha a' milleadh nan oghachan.

(A' chrìoch.)

BUAIDH "COGADH A' PHRIONNSA"

B'E so an dara h-ionnsuidh de'n t-seòrsa so a chaidh a thoirt air son a' chrùn a spìonadh bho theaghlach Hanobher leis na Stiùbhardaich. Bha Gaidhealtachd na h-Alba uile-ach beag-air taobh Sheumais agus Thearlaich; agus 'se so, agus sùil ri còmhnadh fhaotuinn bho'n Fhraing, a thug do Thearlach misneach gu dol air aghaidh, agus dian strì a dheanamh air son faotuinn 'na rìgh. Bha 'Ghaidhealtachd uime sin, an còmhnuidh, ann an staid neo-shuidhichte. Cha robh fios aig an t-sluagh 'dé cho luath 's a bhiodh iad air an gairm gu dol fo'n armachd, an gunna a chur air an guaillean agus an claidheamh-mòr iomchar agus a laimhseachadh ann an aobhar a' Phrionnsa; agus cha robh an inntinnean air an socrachadh air nì a dheanadh an cor ni b' fheàrr ann an dòigh sam bith.

Bha 'n talamh a' dol a dholuidh le cion àiteach, agus bha 'n sluagh ag earbsa air son an teachd-an-tir as na b' urrainn iad a ghoid air an coimhearsnaich, no a thoirt uapa le làmhachas-làidir. Cha robh e measail ceàird 'sam bith ionnsachadh ach a ghoibhneachd, oir is ann 's a' chèardaich a bha innealan cogaidh agus seilg air an deanamh, agus uime sin 's e 'n gobhainn duine 'bu mheasaile 's an àite. Bha na ceàirdean sìtheil eile air sealltuinn sìos orra mar nach biodh iad urramach gu leòr air son duine coimhlionta, agus gheibhte am bitheantas iad air an leantuinn le daoine air an robh fàillinn no mì-dhreach air chor eigin-màr a bha 'n "Grèasaiche Cam" no 'n "Tàilliar Crùbach."

Bha ùghdarras agus cumhachd mòr aig na Cinn-chinnidh os-ceann an t-sluaigh, agus bha iad aig gach àm ris gach cuideachadh is còmhnadh

fhaotuinn bho'n luchd-cinnich, a bha ullamh gu cogadh

[TD 94]

[Vol. 12. No. 12. p. 6]

a dheanamh ris an rìgh, air a' chrùn no ri aon-a-chéile. An déigh "cogadh a' phrionnsa" bha e soillear nach robh dòchas tuilleadh ann air son aobhar nan Stiùbhardach. Ged a lìon a bhuirbe agus an t-an-ìochd a chaidh a chur an cleachdadh aig an àm fhuilteach sin cridheachan dhaoine le fuath do'n rìgh agus d'a luchd-riaghlaidh, lìon iad iad mar an ceudna le eagal, nuair a chunnaic iad nach robh e comasach dhoibh a bhuidh fhaotuinn; agus thionndaidh iad air falbh an inntinnean bho chogadh 's bho airm; agus bha iad a' leantuinn chleachduinnean bu shìtheile agus a bu bhuanachdaile. Shocraich iad an aire air àiteach an fhearainn, agus air cur air aghart obraichean de dh' ioma gnè. Chaidh rathaidean-mòra, drochaidean, agus gearasdain a dheanamh le òrdugh agus air costas an Aird-riaghlaidh. Bha comas conaltraidh eadar a' Ghaidhealtachd agus a' chuid eile de'n rìoghachd. Bha lagh is riaghailt air an toirt a stigh, agus bha beatha agus cuid neach ni bu shàbhailte na bha iad roimhe so. Bha'n sluagh òg a' faotuinn teagasg is foghlum, ag ionnsachadh cheàirdean feumail; agus a' togail orra gu cèarnan eile far an robh iad a' tigh'n gu bhith nan daoine measail cliùthtach. Bha ùghdarras nan Ceann-cinnidh air a chur an lughad, agus thug iad uile géill do'n aon chumhachd, Crùn Bhreatuinn. Chaidh réisimeidean Gàidhealach a thogail a bha fo chomann nan seann chinn-fheadhna; agus cha robh aig Rìgh Deòrsa saighdearan a bu ghaisgeile agus a bu dìlse. Thainig e gu bhì na ni sàbhailte gu leòr do neach a bhì 'taghal agus a' siubhal far an robh e roimhe so 'na ghnòthuch cunnartach sin a dheanamh. Bha a nis eòlas sgriobturail air a theagasg gu dileas agus gu fallan anns gach sgìreachd, agus a' faotuinn roinn de gheill agus de dh' ùmhlachd.

'Nuair a thuig daoine beartach anns a' Ghalldachd agus 'an Sasunn gu'm biodh iad fhéin agus an cuid sàbhailte anns a' Ghàidhealtachd, thoisich iad air tighinn agus air gabhail fearainn, agus air ceannach oighreachdan bho na h-uachdarain Gàidhealach, a bha am bitheantas bochd, agus a bha ro-dheònach an talamh a reic. Cha robh mòran spéis aig na sealbhadairean ùra do'n t-sluagh bhochd a bha mu'n timchioll; agus ghabh iad gach cothrom air an sgiùrsadh air falbh air son àite 'dheanamh do chaoirich agus do dh' fhéidh. 'Se fìor bheagan de na seann uachdarain Ghaidhealach nach do reic an oighreachdan, air neo nach do chuir fo thuathanaich mhòra no fo fhéidh iad. 'Nuair a thàinig sìth agus suidheachadh thàinig mar an ceudna soirbheachadh, agus bha 'm barrachd pailteas is comhfhurtachd aig an t-sluagh na bha aca roimhe sin.

Tha mòran-a tha cumail a mach gu'm b'e na Stiùbhardaich oighreachan dligheach a' chrùn-a' gabhail ris gu'n robh e air son math na rìoghachd gu'n deach buaidh a thoirt gu tur orra aig blàr fuilteach Chuilfhodair, agus gu'n d' thàinig an dùthaich gu h-iomlan agus a' Ghàidhealtachd gu sònruichte gus a bhì air an riaghladh ni b' fheàrr

na bhitheadh iad fo na Stiùbhardaich; agus ged a bha 'bhuille 'chaidh a thoirt ni bu chruaidhe 's ni bu ghoirte na dh' fhaodadh i bhi, gu'n d' thàinig rath is sonas air a' Ghàidhealtachd d'an robh i roimhe sin 'na coigreach. Thàinig, eadhon, muinntir a shaoileadh mìde a bhiodh ag àrach droch rùin, naimhdeis agus dioghaltais, mar a tha sliochd Mhic Shimi, d' an deach an ceann a chur air Cnoc-an-Tuir, air son a' phàirt a ghabh e ann an "Cogadh a Phrionnsa," agus Lochiall-gu bhi dileas agus treubhanta air taobh an rìgh agus an Aird riaghlaidh aige. Chog iad air a son aig an tigh agus ann an dùthchannan céin. Gheibhear, air oighreachdan nan daoine urramach so, na bailtean tuath mar a bha iad bho cheann nan ceudan bliadhna, sluagh òg sgairteil, eireachdail, stuama, calma agus beusach a' fàs suas, agus na fir òga an diugh cho ullamh gus an cinn-chinnidh a leantuinn gu buaidh no gu bas ann an aghaidh naimhdean na rìoghachd agus a bha an sinnsir gus sin a dheanamh ann an aobhar a' Phrionnsa. Tha eadhon aig an dearbh am so réiseimeid eugsamhail de luchd-sgrùdaidh air a togail le Ceann-cinnidh nam Friseileach anns an bheil dà-cheud-deug de ghillean òga smiorail gleusda as gach ceàrn de'n Ghàidhealtachd, agus fo chomannairean Gàidhealach air son dìon na rìoghachd.

Tha daoine glìce de'n bheachd gu'n robh e air son math na dùthcha gu h-iomlan gu'n deach uachdarachd na Stiùbhardach bun-os-ceann ged a thàinig ioma cruaidh-chàs 'na lorg sin aig an àm, mar a bha mort is marbhadh air uaislean is islean a chog an aghaidh an rìgh-maslach is tàmailt agus ùbhla is ana-ceartas air fir, air mnathan agus air cloinn, as leth nach b' urrainnear cionta 'sam bith a chur ach g'am bu Ghàidheil iad.

Tha daoine gabhail tlachd ann a bhi 'cumail air chuimhne treubhantas, dilseachd, agus gaisge, nan daoine o 'n d' thàinig iad mar eisimpleir, ged a tha iad a' creidsinn a nis nach robh na buadhan maithe sin air an cur an cleachdadh ann an aobhar a bha gu soirbheachadh sonas agus math na rìoghachd aig am "Cogadh a' Phrionnsa" anns a' bhliadhna 1745.

[Aig Mòd a' Chomuinn Ghàidhealaich ann an Inbhirnis, fhuair an sgrìobhadh so an dara duais a b' àirde bha air a tairgse air-son rosg Gàilig.]

BARDACHD NA FEINNE.

LAOIDH NAN CEANN.

ROIMH-RADH.

AIR bhith do Chuchullain 'na laoch cho treun 's air am bheil cunntas no eachdraidh am measg Ghaisgeach na Feinne, am mach o Ghall agus o Oscar, bha e 'na dhalta do Chonull. Is cosmhail gu 'n d' fhuair mòran dhaoine buaidh air Cuchullainn, agus gu 'n do mharbh iad e, cho treun 's gu'n robh e. Chuala Conull, 'oide, gu 'n deachaidh a mharbhadh. Oir an uair a chaidh Cuchullainn a leonadh, thuirt e ris a' ghille a bh' aige dol gu Conull, agus innseadh dha gu'n do thog a

dhalta taigh ùr. Dh' fheoraich Conull dheth, ciod an àirde, am fad, agus an leud a bha 'san taigh? Thuirt an gille, an uair a laigheadh e gu 'm biodh a shròn ri druim an taighe, agus cùl a chinn ris an urlar, agus an uair a shìneadh e e-fhein gu 'm biodh a chasan aig ceann iochdrach, agus a cheann aig ceann-uachdrach, an taighe: oir chuir Conull bòidean air fhein, neach sam blth a bheireadh sgeul bais Chuchullainn d' a ionnsuidh gu 'm marbhadh e an neach sin. An uair a chuala Conull so, thuirt e gu 'n robh a dhalta marbh; agus chuir an teachdaire fhianuis air fein, nach b' esan a thug sgeul a bhais dha. Thug Conull agus caraaid eile do Chuchullainn bòid nach stadadh iad gus an lionadh iad gad cho fad 's a bh' anns an dùthaich de chinn mhac rìgh a dhioladh éiric Chuchullainn. Thòisich Conull ri toirt dhiubh nan ceann, agus caraaid Chuchullainn ri 'n cur air a' ghad. Leig e ruith trì uairean do 'n t-suil a bha air a' ghad, agus mharbh Conull a bhràithrean-céile am measg chaich.

A Chonuill sealbhaich na cinn,
'S deimhin leinn gu 'n dhearg thu d' airm;
Na cinn sin a th' agad air ghad,
An sloinntear leat air fad am faoibh?

A nighean dhoirbhcartaich nan cach,
Ainnir òg nam breith binn,
An éiric Chuchullainn nam cleas,
Do thugas leam o dheas na cinn.

Co e an ceann molach donn mòr,
Is deirge na 'n ròs a ghruaidh ghlan,
A chuir thu seachad air do thaobh cli,
A Chonuill mhòir, 's ni'n d'atharraich dreach?

Maighre fabhartach nan each,
Mac Aoife le 'n creachteadh gach cuan;
Sgar mi dheth-san fein an ceann,
Is gur h-ann leam a thuit a shluagh.

Co e an ceann a chitheam thall,
Is fhalt fann gu molach sliom;
A rosg mar fheur, 's a dheud mar bhlàth;
Is aille na càch cruth a chinn?

Mac Liuthaich o an ros ruadh,
Mac na h-uaisle thuit le m' neart;
Mo dhoigh gur e sin a cheann,
Asd rìgh Laighinn nan lann breac.

A Chonuill mhòir le d' ghaisge rìgh,
Co e 'n ceann eile do dhiol chàich,
Is fhalt or-bhuidh air dealradh a chinn,
Gu molach sliom mar airgiod bàn?

Mac rìgh Fearaguis nan each,
Marcaich a chreachadh gach calla,
Mac mo pheathar o 'n tùr sheimh;

Gu'n do sgar mi 'cheann o 'chorp:
Is suarach an onair mic rìgh
Iomchair gu mìn air 'fholt.

Co 'n dà cheann air do laimh dheis,
A Chonuill nan cleasan àigh;
Aon dath air faltaibh nam fear:
O 's meirg a' bhean 'g am bheil am bàigh?

Cuthill agus Conull cruaidh
Dithis 'bheireadh buaidh le feirg;
Thugas leam an cinn air ais,
Is dh' fhàg an cuirp fo 'n aon leirg.

Co 'n dà cheann air do laimh chli?
Is ro-mhaith slì 's nìor olc an dealbh.

Ceann Mhanuis is Bhuidhne mhòir
'S e mo dhòigh gur iad a th' ann;
Aca fhuaras ceann a' Choin
Air magh Theamhra nan sruth seimh.

Co na sia cinn a's aille gne,
Chitheam dhiot an taobh mu thuath?
'S gorm an aodann, 's claon an ruisg,
'S dubh am fuilt, a Chonuill chruaidh.

Seisear bhraithrean do bhith ann;
Sin iad marbh 's an clab ri gaoith;
Clanna Chaledin nan cleas,
Dream nach robh air leas mo ghaoil.

Ceann thar fhichead 's fichead ceud,
Gun aireamh air creuchd no lot,
De chlannaibh maithe mac rìgh
Thuit an eiric ceann a' Choin.

Tha crìoch a tighinn anns an àireamh so air sgeul "Eóbhain bhàin mhic an t-saighdeir;" agus o na chuala sinn tha sinn a' creidsinn nach robh moran sgeul air an aithris 'sa MHAC-TALLA a b' fhearr a chòrd ris na leughadairean. Tha sinn toilichte bhi againn ri innse gu bheil sgeul gasda bho pheann "Iain" ri tòiseachadh an déigh na bliadhn' ùire. 'Se 's ainm do 'n sgeul so, "Am mac a b' òige." Tha sinn air ar mealladh mur bi gach neach a leughas e dhe 'n bhairil gur h-e sgeul cho math 'sa thainig o'n t-sàr sgrìobhadair sin fhathast.

Chaidh triuir Shineach a bha air am faotainn ciontach de bhàs companaich a dhìteadh gu bàs ann an Columbia Bhreatunnach. Chunnaic an t-àrd-riaghladh iomchuidh am beatha leigeil leotha a chionn nach robh fianuis sùla na'n aghaidh agus nach d'fhuair corp an fhir a chaidh a mharbhadh. Bha sin na dheagh aobhar-na aobhar moran na's fhearr na bh' ann air-son cuid de na mathanais a thugadh seachad ré

na bliadhna 'tha falbh.—Tha fear Cashell, a fhuair eadh ciontach de mhurt ann an Calgary, ri bhi air a chrochadh air a chóigeamh la deug de'n mhios so.

[TD 95]

[Vol. 12. No. 12. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

“Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead.”

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>
FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &c., &c.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &c.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.

OIFIS:—0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>
CORPAICHTE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
ann anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3%'sa bhliadhna.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c.; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a

Bhaid Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

[Dealbh]
A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE
dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.
J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh'iarrar, agus na prisean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.
M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.
<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

Iadsan a Phaigh.

Domhnull Mac Fhionghain, <eng>Fassifern, Ont.<gai>
Tormad Mac Rath, <eng>Alexandria, Ont.<gai>
I D Domhnullach, <eng>Alexandria, Ont.<gai>
I I Domhnullach, <eng>Alexandria, Ont.<gai>
Dughall Mac Mhuirich, <eng>Ceylon, Ont.<gai>
Domhull Mac Gilleain, <eng>McLennan P O, Ont.<gai>
Bean Ghilleasbuig Bhell, <eng>Wiarnton, Ont.<gai>
Seumas Ailein Rothach, <eng>Moose Jaw, N W T<gai>
Iain Moireasdan, <eng>Cochrane, N W T<gai>
G Mac Aoidh, <eng>Thurlow, B. C.<gai>
D B Mac Amhlaidh, Milan, Cuebec
An t-Olla Zimmer, Berlin, 'sa Ghearmailt
Iain Domhnullach, Cnoc-nan-Torran, Uist
Iòsephin Nic Dhomhnuill, Lunnuinn
Iseabail Shiosal, <eng>Boston, Mass.<gai>
Domhnull Mac-an-t-Saoir, <eng>Ivanhoe, Mich.<gai>
D D Mac Gilleain, <eng>High Bank, E.P.I.<gai>
Iain MacMhanainn, Beinn 'Ic Mhanainn, E.P.I.
Bean Ghilleasbuig Dhomhnullaich, Stirling
Alasdair I Mac Aonghais, <eng>Glace Bay<gai>
Donnachadh Gillios, <eng>Glace Bay<gai>
Tearlach A Mac Leoid, Framboise Tuath
Domhnull I Caimbeal, an Abhainn Mheadhonach
Niall Stiubhart, Gabarus
Iain E Mac Aoidh, <eng>Dominion No. 1<gai>
M G Mac-a-Phearsain, Ceap Nor
Calum Mac Gillemhaoil, Aiseag Mhira
Steaphan Graham, <eng>Campbell's P O, Judique<gai>
Murchadh Domhnullach, Sidni Tuath
Mairi Dhomhnullach, Ceap Nor
Mairi A Nic-Iosaig, Inbhirnis
Iain Beutan, Ridge Mhabou
An t-Urr A L Domhnullach, <eng>Broad Cove<gai>
Alasdair Mathanach, <eng>Malagawatch<gai>
Iain Mac-an-Fhùcadair, Loch Ainslie
Seumas Mac Aonghais, Grand Mira Tuath
Bean Thormaid D MhicNeill, <eng>Marion Bridge<gai>
Iain A Domhnullach, Loch Bhlackett

Bha dròbhair air a Ghàidhealtachd uair aig air robh mar chleachdadh mu'n rachadh e gu féill a bhi guidhe nach toireadh duine an car as, agus nach toireadh esan an car a duine eile, ach na 'm biodh an car ri thoirt a duin' idir gu'm b'esan a bheireadh as an duin' eil' e.

Chaidh Iùdhach uair a dheanamh ceannachd ann an Abaraidhean. Dh' fhosgail e 'bhùth ach cha b' fhad a dh' fhuirich e. Air do chuid-eigin fheòrach dheth càr-son a dh' fhàg e 'm baile-am b'ann a chionn nach robh 'Indhaich eile 'fuireach ann?—fhreagair e nach b'ann, ach a chionn gu'm b'Iudhaich iad uile gu leir.

Thig mac o dhroch altrum, ach cha tig e o'n eug.

Thoir do chuid do dhuine falamh, is gheibh thu air ais dùbailt' e.

Cha robh naigheachd mhor riamh gun chall do chuideigin.

Thoir an tarbh do 'n taigh mhor is iarraidh e do 'n bhàthaich.

Beul sìoda agus cridhe cainbe.

AN TIR 'SAN D' RUGADH MI.

LE IAIN CAMARAN.

LUINNEAG.

O chi, chi mi na mòr-bheannaibh;
O chi, chi mi na còrr-bheannaibh;
O chi, chi mi na coireachan—
Chi mi na sgoraibh fo cheò.

Chi mi gun dàil an t-àit' 's d' rugadh mi,
Cuirear orm fàilt' 'sa chainnt a thuigeas mi;
Gheibh mi ann aoidh is gràdh nuair ruigeam
Nach reicinn air tunnachan òir.

Chi mi a ghrian an liath nam flaitheanas,
Chi mi 'san iar a ciar nuair luidheas i;
Cha 'n ionann 's mar tha i ghnàth 'sa bhaile so
'N deatach a falach a glòir.

Gheibh mi ann ceol bho eoin na Duthaige,
Ged a tha 'n t-àm thar àm na cuthaige,
Tha smeoraichean ann is annsa guth leam
Na piob, no fidheall mar cheòl.

Gheibh mi le lìontan iasgach sgadain ann,
Gheibh mi le iarraidh bric is bradain ann;
Nam faighinn mo mhiann 's ann ann a stadainn—
'S ann ann is fhaid' bhithinn beò.

Chi mi ann coilltean, chi mi ann doireachan,
Chi mi ann màghan bàn' is torraiche,
Chi mi na féidh air làr nan coireachan,
Falaicht' an trusgan do cheò.

Beanntaichean àrd' is àillidh leacainnean,

Sluagh ann an còmhuidh 's còire cleachdainnean,
'S aotrom mo cheum a leum g'am faicinn,
Is fanaidh mi tacan le deòin.

Fàgaidh mi ùpraid, sùrd, is glagaraich,
Dh'fhaicinn na tir an cluinnt' a chagaraich,
Fàgaidh mi cùirtean dùinte, salach,
A dh' amharc air gleannaibh nam bò.

Fàilt' air na gorm-mheallaibh tholmach, thulachanach!
Fàilt' air na còrr-bheanna mora, mullanach!
Fàilt' air na coilltean! fàilt' air na h-uile!
O! 's sona bhith 'fuireach na 'n còir.

ORAN LEANNANACHD.

LEIS AN URR. A. STIUBHART, LL. D.

Tha Peigi 'sa mhonadh ag iarraidh a chruidh;
Saoil dé 'tha ga 'cumail cho anmoch?
Tha 'ghrian air dol fodha,
'S iad uile ri 'm bleodhan;
Saoil dé 'tha ga 'cumail cho anmoch?
Tha Peigi na 'cailin cho grinn 's tha 'san dùthaich,
Ceanalt na 'nàdur, 's i blàth-chridheach, sùndach,
Cha d' fhairich mi coire ann am Peigi co-dhiù; ach,
Saoil dé 'tha ga 'cumail cho anmoch?

B' i màthair mo Pheigi 'bha labhairt nam briathran,
Saoil dé 'bha ga 'cumail cho anmoch:
A ghrian air dol fodha,
'S an crodh iad ri 'm bleodhan,
Saoil dé 'bha ga 'cumail cho anmoch;
Cha ruigeadh i leas 'bhi cho fada ga 'n sireadh,
Thuirt a màthair, 's i càramh fòid mòin' air an teine,
Cha robh iad tra-nòin ach air lon Dhail-na-mine,
Saoil dé 'tha ga 'cumail cho anmoch?

Bha mise le Peigi ag iomain a chruidh,
Cha robh cabhag no guth e 'bhi anmoch!
Gu 'n dug mi mo phòg dhi,
'S mo ghealladh a pòsadh;
'S e sud 'bha 'g ar cumail cho anmoch.
Mu dheireadh, nuair dh'fhàg mi mo ghràdh aig a chachaile,
Thuirt a màthair ri Peigi, Dé idir a thachair dhuit?
Mur biodh Cailein, am fleasgach òg, speiseald' air tachairt ort,
'S e mo bheachd-sa nach biodh tu cho anmoch!

Air feasgar Di-haoine 's ann rinn sinn an còrdadh:
B' e mo bheatha ged dh' fhan mi glé anmoch;
'S air an t-seachdain na dhéidh sin,
Gu 'n d' fhuair mi dhomh féin i,
'S thug mi leam do Ghleann Eit' i 'san anmoch.

Tha mi nise cho sona ri neach anns an dùthaich,
'S mo Pheigi ri m' thaobh an àm cadail is dùsgadh;
'S mor gur fearr leam na stòras an Rìgh air a chrùn,
A bhith briodal ri m'rùn moch is anmoch.

Rugadh an t-Urr. Alasdair Stiubhart, LL.D., aig Beinn-a-bhaoghla an Uidhist mu 'n bhliadhna 1829. Shuidhich eadh mar mhinisteir e an sgìre Bhaile-Chaolais agus Airdghobhar an 1851. Chaochail e air an t-seachdamh la deug de'n Gheanair, 1901.

[TD 96]

[Vol. 12. No. 12. p. 8]

ORAN

D'a mhnaoi goirid on déidh dhaibh pòsadh.

LE IAIN MAC DHUGHAILL.

'S ann aig an Dòirlinn thachair sinn
Nuair ghabh mi tlachd de 'n òigh;
Bean fiamh a gnùis cha 'n fhacas leam,
'S i snasmhor anns gach dòigh.
Ged cinn mi lag bha aiteas orm,
Is m' air' air guth a beòil,
B'e smuain mo chridh' nam faighinn i,
Nach dìbrinn i ri m' bheò.

Bha cuaillein cuachach, bàn-bhuidhe,
'S e dearsadh mar an t-òr,
Air sniomh a sios na 'dhualaibh,
Is bha gruaidh air dhath nan ròs.
Bha gorm-shuil làn de dh-aoidhealachd,
'S a mala chaol gun sgòd:
A beul bha tairis, tana, dearg,
'S bu bhinn a seanachas beòil.

Air imeachd air an t-slighe dhuinn
Mu thimchioll mìl' no 'n còrr,
A chum na comhnuidh aobhaich sin
'San robh na daoine còir'
Gu'n d' ghlac mi misneach 's dh' innis mi
Gu'n robh mi oirre 'ri tòir,
Is chuir mi ceist is mi fo gheilt,
'S bha 'm freagradh seirceil dhòmhs'.

Nuair dh' aontaich i gu 'm pòsamaid
Le òrdagh dùthch' is cléir
Cha deachaidh tàmh air m' ìntinn
Gus an d' fhuair mi i dhomh féin.
'N sin dh' imich sinn gu sòlasach,
'S bha cuid ri bròn na 'r déidh;

Is ghabh sinn còmhnuidh anns an Oban,
Toilicht', sòmhail, réidh.

Mo bhean gur ulaidh phrìseil i
A's fearr na ni no luach;
'S cha ghabhainn òr nan Innsean oirr',
No rioghachd, deas no tuath.
Ma bhios i oidhch' le càirdean bhuam
Cha 'n fhaigh mi tàmh no suain,
'S mi smaointeachadh le gràdh gu dian
Mu h-ìomhaigh 's i gun ghruaim.

Gur banail, beusach, aoibhinn i,
'S i rianail, caoibhneil, còir,
Gun chron, gun ghiamh, gun fhoill innte,
Gun mhaoim, gun sgaoim, gun bhòsd;
Le ciall is meas is irisleachd
A fiosrachadh an t-slòigh,
'S ga 'n aomadh chum na cuid a's fearr
Nuair theid iad cearr na 'n dòigh.

Gach fasan ùr mu 'n cuala sinn,
A fhuaradh san Roinn-Eorp'
Gu'n gearr 's gu'm fuaigh mo Mhairearad-sa
Gun chearbaiche le 'meòir.
Tha gnìomh a làmh ro fhìnealta
'Measg lionmhoireachd nan sròl;
'S gur math air buain i air na cluain
Gu h-uallach gearradh dhlòth.

Gu'n snìomh i snàth gu earradh dhuinn
Nuair cheannaicheas mi dh'i clòimh,
'S bidh blàth na deagh bhean-taighe orm
'S gach àit 'san tachair slògh.-
'S e 's aois dh'i bliadhn' air fhichead,
Is ged 's sine mis' gu mòr,
Cha chluinnear i ri tàir no caoidh,
Ach mi bhith caoibhneil, còir.

Gu'n iarnaich i mo léintean dhomh,
'S bidh iad gu léir mar 's còir;
Gu'm fóghnadh iad le 'm briaghad
Do mhac iarl air miad a phròis.
Nuair thig mi dhachaidh anmoch
Bidh an gealbhan aic air dòigh;
'S gur fritheilteach i 'ghnà do m' fheum,
A cur a bhéidh air dòigh.

Ma bhios sinn slàn 's gur maireann duinn,
Dad ghainne cha bhith oirnn;
Bidh tachdar mar' is tìr againn
Fhad 's mhaireas lùths nan dòrn.
'S ged bhiodht' gu daor ga cheannach leinn,
Bidh beannachd na 'r cuid stòir,

Ma ghluaiseas sinn an neart an Ti
A rinn gach ni gu 'ghlòir.

Cha 'n fhaicear tuilleadh diomhain mi,
A falbh 'n déidh nionag og'
No cosd mo chuid gun fheum ann dhomh,
A ceannach sheud no 'g òl;
'S ma bhios mi ann an trioblaid
Gur a math dhomh is' am chòir.-
'S beag 's eol do dh-fhear nach do chuir snaoim
Mor chaoibhneas na mna-pòsd'.

Rugadh Iain Mac-Dhughail ann an Ionar-Sannda an Aird-ghobhar mu 'n bhliadhna 1825. Bha e na sgoileir math. Bha e greis a cumail sgoil 'sa Mhorairne. Bha e a bheag no mhor de dh-ùine an Glaschu na gheardanach no na pholiceman. Bha e na dhuine mor, sgairteil, le pailteas de dh' fheusaig ruaidh. Phòs e Mairearad Nic-Fhionghain 'sa Mhorairne 'sa bhliadhna 1861. Chuir e am mach a chuid oran an 1870. Bha e a fuireach 'san àm sin faisg air Ionar-Lochaidh.

ORAN GAOIL.

LE DOMHNALL RUADH MAC-FHIONGHAIN.

LUINNEAG.

Mo nighean chruinn, chuimir thu,
Mo nighean chuimir, ghuanach;
A ghruagach dhonn a's bhòidhche,
Ri m' bheò cha doir mi fuath dhuit.

Do chuailean riomhach, barranach,
Na 'chamagan 's na 'dhualan,
'S gur bòidhche leam na sìod' e,
'Nuair chìreas tu an cuaich e.

Do shùilean mar na h-airneagan,
Fo mhala tha gun ghruaimein,
Beul meachair fo 'n tig gàire-
Ged 'chaidh do thàladh uamsa.

Mo bheannachd-sa le dùrachd
A d' ionnsuidh ann an uaigheas,
Na 'm faighinn fear a thaghladh
'Sa ghleann an taobh so 'n ghualainn.

'S truagh nach robh mi thall ud leat,
'San lagan sam bi 'n luachair,
'Sa ghleannan bhòidheach, bhadanach,
Fo dhubhar nan geug uaine.

Cha 'n iongantach, cha 'n iongantach
Mo chridhe-sa bhi luaineach,
A' cuimhneachadh mar dhealaich mi

Ri ainnir a' chùil dualaich.

Is ùr a' choill o'n d' fhàs thu,
Gun fhailinn, àlainn, uasal,
Gu h-ùrail, dìreach, dosrach,
'S cha dochair gaoth a' chuain thu.

Cha 'n fhaicear air an t-sràid thu
'Measg ghuanag ghràisgeil, shuarach;
'S ann bhios ort sìoda 's fàinneachan
An seòmar àrd a' fuaghal.

Rugadh Dòmhnall Mac-Fhionghain an Lochàluinn sa Mhorairne. Chaochail e nuair a bha e na dhuin' òg, uaireigin an déidh na bliadhna 1858.

SEUD NAN GLEANN.

LE IAIN MAC-A-CHLEIRICH, M. D.

LUINNEAG.

Ha ho ró, mo chruinneag féin,
Dh' fhàg mi thù 's bu trom mo cheum;
'S tha mi 'n diugh air bheagan feum',
A caoidh mar b' fheudar dealachadh.

Shaoil leam uair mi bhith cho treun
Ri òg-chraoibh an cois an t-sléibh;
Ach nuair chuir mi cùl riut féin
Bha 'n cridhe treun a fannachadh.

'S iomadh uair am shuain an raoir
Chuala mi do dhuanag aosd'
'G ràdh, A rìs gu gleann nan craobh
O, till a ghaoil 's mi fadalach.

Thillinn féin ri éigh an duain,
Mar eal' fhionn ri glaodh a chuain;
Ach cha 'n fhaodar leam a luaidh,
Ge mór mo smuain 's mi airsnealach.

'S ionndrain mhor an sùgradh blàth
Bho 'n òigh chiùin a fhuair mo ghràdh,
'S a sùil ghorm a shealladh tlàth
Ag innse gràidh nach d' aidichear.

Ged bheir smeorach ceol o'n chrann,
'S uiseag fòs o cheo nam beann,
'S beag mo spéis diu anns am àm
Gun seud nan gleann bhith maille rium.

<eng>The Canadian Bank of Commerce<gai>
RIS AM BHEIL AIR AONADH

<eng>THE HALIFAX BANKING COMPANY.<gai>

Earras Paidhte \$8,700,000
Airgiod Taimh 3,000,000

ARD OFIS, TORONTO.

AN T-ONORACH DEORSA A. COX,
Ceann-Suidhe.

<eng>B. E. WALKER,<gai>
Ard Mhanager.

Ofis an LUNNAINN (Sasunn) aig 60 <eng>Lombard St., E. C.
S. CAMERON ALEXANDER, Manager<gai>

Ofis an NEW YORK aig 16 <eng>Exchange Place,
WM. GRAY agus H. B. WALKER, Agents.<gai>

Tha ceud is ceithir meur dhe'n Bhanca so air feadh Chanada is nan
Staidean Aonaichte, am measg am bheil an àireamh a leanas anns na
Roinnean Iochdrach.

<eng>HALIFAX, H. N. Wallace, Manager.
Amherst Antigonish Barrington
Bridgewater Canning Lockeport
Lunenburg Middleton New Glasgow
Parrsboro Sackville St. John
Shelburne Springhill Sydney
Truro Windsor<gai>

Gach seorsa gnothuch banca.
Ceannaichear is reicear airgid is notaichean Breatunnach.
Gheibhear Litrichean Creideas de 'm faodar feum a dheanamh ann an
cearna sam bith dhe 'n t-saoghal.

BANCA CAOMHNAIDH.

Tha Banca Caomhnaidh a nise fosgailt aig gach meur dhe 'n bhanca.
Gabhar suim sam bith air riadh, eadhon suim cho beag ri aon dolar.

Meur ann an Sidni.

<eng>P. C. STEVENSON, Manager.<gai>

ANNS AN STOR UR

LE STOC MOR DE DH

Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula

ANN AN TOGALACH MHC GUAIRE

air Sraid Shearlot.

<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

[Dealbh]

Bidh fìor chomhfhurtachd agad 'nad dhachaidh nuair a bhios gach airneis us grinneas air a thaghadh le rian agus tuigse. Agus 's e 'n ceud ni is coir aire fhaotainn am brat-ùrlair a theid air na seomraichean. Gheibh thu againne

Brat-ùrlair is Airneis

dhe na seorsachan a's fhearr, agus gach ni eile air an cuir thu feum air son breaghachd do thaighe.

Cuir a dh' iarraidh Leabhraim anns am bheil gach ni a tha sinn a creic air ainmeachadh. Paighidh sinn faradh do chearna sam bith de Cheap Breatunn.

<eng>Gordon & Keith, A. T. GRANT, Manager.

Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

Mac-Talla.

Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.

Bliadhna, \$1.00

Tri Miosan, .30

Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26, no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu

<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 97]

[Vol. 12. No. 13. p. 1]

MAC-TALLA.

“An ni nach cluinn mi an diugh cha ’n aithris mi maireach.”

VOL. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, DESEMBER 25, 1903. No. 13.

Tha e tachairt air an turus so gu bheil MAC-TALLA tighinn a mach air La Nollaig. Ruigidh e moran de ’luchd-gabhail mu’n bi an latha sin seachad, an àireamh a’s mo eadar sin is deireadh na bliadhna, agus cuid a tha astar mor uaithe cha ruig e gu’n deigh na Bliadhn’ Uire. Bidh e mar sin aig an aon àm a’ guidhe Nollaig Chridheil agus Bliadhna Mhath Ur dhaibhsan uile tha ga dhì-beathachadh na’n dachaidhean. Is e dhochas gu bheil iomadh latha sona soirbheachail eile fa’n comhair agus gu meal iad uile iomadh bliadhna de’n bheatha so fhathast.

AIG DEIREADH NA BLIADHNA.

Aig deireadh na bliadhna tha gach duine glic am measg luchd-gnothaich an t-saoghail a’ cur cunntaisean na bliadhna air doigh feuch am faic e cia mar a shoirbhich a ghnathaichean leis re na bliadhna. Tha e mar so a’ nochdadh gur duine glic e, agus gu’m bheil suim aige dhe ’ghnothach. Ma shoirbhich gu math leis, bidh e toilichte, agus cuiridh e roimhe gu ’n lean e re na bliadhna ’tha gu tighinn air a ghnathaichean a ghiùlan air aghart anns an dòigh àbhaistich, na ’s lugha na gheibh e ’mach gu ’m bheil dòigh eile ann leis an soirbhich leis mòran na ’s fhèarr.

A nis, cuiridh gach duine turail ’aonta ris gu ’m bheil so ceart gu leòr; agus their e gur duine amaideach da rìreadh an duine a tha, a reir choltais, coma co dhiubh a shoirbhicheas a ghnathaichean leis no nach soirbhich.

Ma tha e feumail agus glic dhuinn beachd a ghabhail le cùram air mar a tha sinn a’ soirbheachadh ann an gnothaichean an t-saoghail so, tha e moran na ’s feumaile agus na ’s glìce dhuinn beachd a ghabhail le cùram air co dhiubh a tha no nach ’eil sinn a soirbheachadh gach bliadhna anns na nithean a bhuineas do ’n t-saoghal a ta ri teachd. Tha sinn uile ag aideachadh nach ’eil againn an so baile ’mhaireas; ach tha aobhar eagail nach ’eil an àireamh a’s mò dhinn ag amharc, anns an dòigh cheirt, air son aoin a tha ri teachd.

Tha na h-uile a chuala mu shonas agus mu bhròn siorruidh ann an dòchas gur e sonas siorruidh a bhios aca anns an ath shaoghal; ach tha mòran dhiubh nach do chuir riamh fhathast de dhragh orra fhein na chosg uair an uaireadair ’g an ceasnachadh fhein feuch am bheil iad anns a’ chreideamh. Tha iad a’ dol troimh ’n t-saoghal mar gu ’m faiceadh tu long a’ seoladh gun stiùir gun chombaiste, agus gun seoladair air bord innte aig am bheil suim no cùram co dhiubh ’ruigeas i calla sabhailte no nach ruig. Co ’nar measg a bhiodh deonach a thurus a ghabhail ’na leithid so de luìng?

Ceasnaicheadh daoine iad fhein. Is e so an t-àm. Cha 'n 'eil fhios co bhios beò mu 'n àm so an ath bhliadhna. Is iomadh neach a bha beò, slàn mu 'n àm so an uiridh a tha nis a' crionadh anns an ùir. Agus faodar a bhith cinnteach gu 'm bi iomadh neach a tha 'n diugh gle dhòchasach gu 'm faic iad iomadh latha 's bliadhna, a bhios air an sìneadh anns an uaigh mu 'n am so an ath bhliadhna. Air an aobhar sin, is còir do na h-uile, cha 'n e mhàin creidsinn ann an Crìosd, ach umhlachd a thoirt dha mar an ceudna. Is e an dleasdanas a tha Dia ag iarraidh air an duine, umhlachd a thoirt d'a thoil fhoillsichte. Tha 'thoil air a cur fa 'r comhair anns a' Bhiobull; agus iadsan a tha 'gabhail barrachd tlachd ann am briathran dhaoine na tha iad a' gabhail ann am facal Dhe, bidh iad gu nadarra aineolach air toil fhoillsichte Dhe, agus mar sin neo-chomasach air a thoil a chur an gnìomh.

Cha 'n aidich a h-aon dhinn gu 'n robh sinn cho glic anns an àm a dh' fhalbh 's nach ruig sinn a leas oidhrip a thoirt air fàs na 's glìce 'san àm a tha ri teachd. Tha h-uile duine anns am bheil gliocas ag aideachadh gur e a dhleasdanas oidhirp a thabhairt air fàs na's glìce o bhliadhna gu bliadhna.

Tha sinn uile ag aideachadh gu 'n tig crìoch air ar beatha; ach tha aobhar eagail nach 'eil sinn 'g a gabhail gu crìche mar bu chòir dhuinn. Sean 's mar a bha Metuselah, fhuair e bàs. Is iomadh ceann a chaidh an currac o'n a thainig a' bhliadhna so a steach; agus o nach 'eil fhios againne c' uin a thig an cuireadh oirnn is e ar gliocas a bhith deas a chum nach glacar sinn ann an staid neo-iompaichte.

Tha h-uile bliadhna 'toirt iomadh atharrachadh air gach ni fo 'n ghrein. Cnàmhaidh an t-uisge na cnuic, agus crìonaidh an t-uisge, agus a' ghaoth, agus an reothadh na creagan a's cruaidhe a th' air an talamh.

Tha na daoine a tha làidir, treun, a' call an spionnaidh beag air bheag, o bhliadhna gu bliadhna. Ged a tha so a' tachairt, cha 'n 'eil an àireamh a 's mò de shluagh a t-saoghail 'g a thoirt fa near.

Tha 'n ùine a fhuair sinn gu bhith beò anns an t-saoghail so a' sior thriall, agus ged a dh' aidicheas sinn uair is uair gu 'm bheil so mar so, gidheadh cha 'n 'eil sinn ach ro ainneamh 'g a thoirt fa near le cùram.

Is e so am mìos mu dheireadh dhe 'n bhliadhna, agus bu chòir dhuinn sinn fhin a cheasnachadh a thaobh iomadh ni. Tha dà dhleasdanas ro shònraichte againn ri 'n cur an gnìomh-ar dleasdanas do Dhia, agus ar dleasdanas do dhaoine. An àm a bhith cur nan dleasdanasan so ann an gnìomh, tha iomadh ni ann a dh' fheumas sinn a dheanamh, agus mar an ceudna, iomadh ni a dh' fheumas sinn a sheachnadh.

A charaid, cia mar a chuir thu seachad a' bhliadhna so? Feumaidh gu 'm bheil fhios agad air mar a chuir thu seachad i. Cuimhnich air so: ma tha no nach 'eil fios aig daoine air do smaointeanan, air do chainnt, agus air do ghnìomharan, tha fios aig Dia orra. Cha 'n urrainn dut rud sam bith a chumail an cleith airsan. Agus, air son na bheil a dh' fhios agad, faodaidh gu 'n gairm Dia gu cunntais thu mu 'n tig crìoch air bliadhn' eile. Ged a tha thu fhathast a sealbhachadh tomhas mòr de mhathas Dhe ann an tìr nam beo, cha 'n ann a chionn gu 'm bheil thu airidh air a' mhathas a tha e 'buileachadh a mhathais ort, ach a chionn gu 'm bheil e fad-fhulangach do d' thaobh. Nach bu choir do mhathas Dhe do threorachadh gu aithreachas?

IAIN.

Tha luchd-teagaisg air-son nan sgoilean a' fàs gann anns gach àite. Tha so tuilleadh is fìor mu Cheap Breatunn 's mu Nobha Scotia, anns am bheil ficheadan de na taighean-sgoile dùinte agus a' chlann a' fàs suas gun fhoghlum no bheag de dh' eolas sam bith. Ann an Ontario cluinnear an gearain ceudna, agus eadhon anns an t-seann dùthaich. Ann an Lunnuinn o chionn ghoirid bha bord na sgoile ag iarraidh trì fichead is deich de luchd-teagaisg; chuireadh sanas anns na paipeirean, ach cha d' fhuair ach aon fios-freagairt. Ma tha sluagh an latha 'n diugh gu soirbheachadh an am foghlum, feumar dreuchd a mhaighstir-sgoile chur air bonn ùr. Cha'n fhoghainn e idir ionnsachadh na cloinne earbsa ri oigridh nach eil ach a' gabhail teagasg sgoile mar cheum gu obair a's fhearr. Is airidh am fear-obrach air a thuarasdal, agus ma thatar gu bhì faighinn an toraidh a's fhearr de theagasg nan sgoilean feumar tuarasdal a mhaighstir-sgoile àrdachadh gus nach leig e leas a bhì 'g amharc airson obair a's fhearr a phàidheas, ach gu lean e rithe re a bheatha mar a leanas daoine eile ris an lagh, ris an dotaireachd agus ri searmonachadh an t-soisgeil. An uair a chuirear meas ceart air saothair a mhaighstir sgoile agus duais iomchuidh fa chomhair, faodar amharc air-son adhartas ann am foghlum ar duthcha. Gus an an deanar sin 's ann a bhios cuisean a dol na's miosa an àite bhì dol na's fhearr.

AM MORAIR STRATHCONA—Thug an duine ainmeil comasach so sgriob do dh' Albainn air an t-seachdain so chaidh, agus chuir muinntir Dhunéideann fàilte chridheil air. Rinn iad e 'na bhuirdeasach mar a theirear, mar so a' toirt dha na h-onoir is motha a tha 'nan comas. Tha am Morair a nis aig aois mhòr, trì agus ceithir fichead bliadhna; ach tha e anabarrach greimeil gluasadach ann an corp agus ann am buadhan inntinn eadhon gus an latha 'n diugh. Labhair e òraid no dhà a rinn so glé shoilleir. Cha bhuin esan do 'n t-seòrsa ud a dhì-chuimnicheas an tìr 's an dream o'n d' thàinig iad nuair a ruigeas iad air inbhe àrd anns an t-saoghal. Rinn e beairteas agus tha e a' deanamh feum math dheth araon anns an dùthaich so agus ann an Canada far an do shoirbhich leis. Tha taobh blàth aige ris na Gàidheil 's r'a luchd-dùthcha gu léir; agus 's e a thlachd gu tric a bhì deanamh sgeòil air an cliù, 's an comasan ann an strìth na

beatha. Tha Gàidheil Chanada gle eòlach air, agus tha an gràdh 's am meas air a shubhailcean òirdhearc ro mhòr. Tha e an dràs ann an Lunnuinn ag amharc an déigh cùisean Chanada.—<eng>Oban Times.<gai>

[TD 98]

[Vol. 12. No. 13. p. 2]

NAIDHEACHDAN.

Rinneadh sia fichead is cóig murt ann an Chicago an uiridh, agus cha deach aon de na ciontaich a chrochadh. Ma leanas so beagan bhliadhnachan eile cha bhi beatha sàbhailte anns a bhaile mhor sin ach beatha 'mhurtair.

Bha 'n obair-iaruinn 's na h-obraichean eile bha air an cur air adhart anns an t-Soo air an creic an la roimhe air \$4,500,000. B'e earras na cuideachd d'am buineadh na h-obraichean sin roimhe so (ma's fhior) \$90,000,000. A thaobh moran de chuideachdan làidir nam bliadhnachan so, cha 'n fhaighear a mach fìor luach an earrais gus an teid an creic aig rup. Ach saoilidh sinn gu'n d' fhuair iadsan a cheannaich obraichean an t-Soo air ceithir gu leith millein dolair an deagh chùnnradh.

Bha bean Thomais Andrews, seana bhean a tha fuireach aig Loch Phottle an Sidni Tuath, air a droch losgadh Di-màirt s'a chaidh. Bha i stigh leatha fein, agus air dhi bhi timchioll an teine ghabh a cuid aodaich. Rainig cuideachadh mu'n deach a losgadh ro dhona, agus tha deagh dhòchas aig na dotairean gu'm faigh i thairis air. Tha i mu cheithir fichead bliadhna dh' aois.—Bha gille beag d'an ainm Ryan, aois choig bliadhna, air a sgàldadh ann an Sidni Tuath air an latha cheudna. Thuit e ann an tuba de dh'uisge goileach agus ged chaidh a thoirt as gu grad cha'n eil mor dhùil gu'n sàbhalar a bheatha.

Thainig iomadh atharrachadh air an t-sìde o chionn cho'-la-deug. An deigh cunntas làithean de shileadh uisge bha an t-seachduin s'a chaidh tioram agus fuar gu Di-sathuirne. An sin thainig stoirm shneachda a mhair fad an latha 's a thug tàire nach bu bheag do chàrs na sràide. Cha robh na càrs eadar Sidni is <eng>Glace Bay<gai> a ruith a chuid bu mhò dhe'n latha. Di-luain bha stoirm mhor eil' ann, stoirm uisge; an deigh sin thainig tiormachd is beagan reothaidh a mhair gu àm sgriobhaidh. Faodaidh e bhith gu bheil cearnan dhe'n t-saoghal a's fhearr na Ceap Breatunn ann an dòigh no dha, ach cha'n eil moran àiteachan ann a bheir bàrr air ann an caochlaideachd sìde.

Tha duin' iomraiteach a tha dol fo 'n ainm <eng>Kid Seely<gai> aig an àm so fo ghlais ann a Halifacs air-son mèirle. Buinidh e do'n dream sin ris an canar na bocsairean. Cha Sineach idir e, agus ged is bocsaire e cha'n ionann a cheird is ceird na feadhnach a tha air an cur fo'n ainm anns an dùthaich sin. Is duine dubh e a fhuair a bhreith is àrach am measg dhaoine geala, agus is i 'obair a bhi

deanamh fearas-chuideachd do na Philistich le bhi feuchainn ri fear sam bith dhe 'sheòrsa a sheasas mu choinneamh a chur bhar a chasan leis na dùirn. Is obair uasal da-rìreadh sin, agus bu mhor am beud a chur na thàmh le chur an greim mar mhèirleach. Na'n tigeadh e do Shidni chuirte fàilte chridheil air, agus rachadh na ceudan a dh'amharc air a bhlàr-bhocsaìdh nach rachadh a dh'éisdeachd an òraidiche a's fhearr an Canada-mur rachadh iad ann a dheanamh troimhe-chéile. Faodar a radh gu robh am "meann" ann an Sidni roimhe, 's gu'm b'ann an so a rinn e pàirt de'n mhèirle air-son am bheil e 'n diugh fo ghlais 's fo iuchair.

A BHREAC—Cha 'n eil a' bhreac air dhol bàs fhathast. Ré an da sheachduin s'a chaidh bhrìst i mach an caochladh àiteachan: ann an Sidni, anns a' Phon Mhór, 'sna h-Eileinean Dearga, am Beinn a Mharmoir agus am baile Inbhirnis. 'S e aon duine air am bheil i ann an Sidni, fear-obrach air an rathad-iaruinn. Fhuair esan i aig Acarsaid Chloinn Fhionghain, far an robh fear-na-cala tinn leatha. Air an t-seachduin s'a chaidh bha sianar na'n laidhe leis a' bhric ann an Inbhirnis. Cha'n eil an easlaint fìor dhona air neach sam bith, agus tha sin coireach ri i bhi sgaoileadh. Cha 'n eil moran dhiùsan air am bheil i a' creidsinn gur h-i bhreac a th' ann idir. Mar bu chòir a dheanamh o chionn fhada tha luchd-riaghlaidh na dùthcha 's nan siorrachdan a nis a' gabhail cheumannan gus an easlaint a chasg air eagal gu sgaoil i air fad 's air leud an eilein, agus is còir dhuinn uile gach ni na'r comas a dheanamh gu cuideachadh a thoirt dhaibh feuch am faighear an dùthaich a ghlanadh de'n easlaint mhi-shealbhaich. Tha òrdugh air tighinn á Ottawa gu feum seirbhisich an rathaid-iaruinn a bhreac a chur orra a chum nach bi iad féin buailteach air a gabhail no air a toirt do mhuinntir eile. Cha'n eil teagamh nach e 'n gluasad air ais 's air adhart a tha air sluagh o'n thòisich an obair-iaruinn is coireach ris a bhreac a bhi fuireach na'r measg cho fada.

Bha taghadh ann an Australia air an 16mh là dhe'n mhios so. Fhuair pàirtidh an luchd-obrach barrachd dhe'n daoine fein a thaghadh 'sa fhuair aon de'n dà phàirtidh eile. Tha a phàirtidh so gu math làidir o chionn iomadh bliadhna, ach cha robh i riamh cho làidir 's a tha i an dràsda.

Di-sathuirne s'a chaidh bha Ruairidh Mac-Fhearghais air a mharbhadh 'sa Mhèinn a Tuath le meall cloiche thuiteam air 's e aig 'obair 'sa mhèinn. Bha e deich bliadhna fichead a dh' aois. Dh' fhàg e bantrach is dithis chloinne. Bha e na dhuine air an robh deagh chliù agus a bha gle mheasail am measg a luchd-eòlais am baile na mèinne. Bha e na eildear anns an eaglais Chléirich. Tha 'n <eng>jury<gai> a bha rannsachadh mu aobhar a bhàis a' coireachadh ofigich na mèinne. Tha e coltach nach robh iad a' deanamh na dh' fhaodadh iad air-son tearuinteachd beatha dhaoine.

Chaidh fear Uilleam O'Toole fhaotainn marbh aig a Mhèinn a Tuath maduinn Di-màirt s'a chaidh. Dh' fhàg e dhachaidh feasgar an la roimhe sin agus chunnacas beò mu dheireadh e ann an tigh-òil faisg air far an d' fhuaradh a chorp. Tha amharus aig cuid gu 'n d' fhuair e 'n dochann a thug a bhàs ann an sabaid mu 'n tigh sin, ach tha

cuid eile deanamh dheth gur ann a chaidh a mheileachadh. Bha e leth cheud is trì bliadhna dh' aois, agus na dhuine singilte. Bha e fuireach còmhla ri piuthair, agus bha e air a dheagh dhòigh, air dha fearann a chreic ri cuideachd na mèinne o chionn ghoirid air an d' fhuair e suim mhath airgid.

Aig toiseach na Bliadhn' Uire cha b' urrainn neach gnìomh a b' fhearr a dheanamh na bliadhna dhe'n MHAC-TALLA chur gu caraaid a tha e air-son a chuimhneachadh. Bidh e na 'ghibht a mhaireas fad na bliadhna, agus nach bi air a thilgeadh an cùil eadhon an uair sin, ach a bhios air a ghleidheadh gu cùramach. Tha àireamh de Ghàidheil na dùthcha so ag òrdachadh dhuinn am paipeir a chur gu càirdean a th' aca anns an t-seann dùthaich. Cha'n eil e cosd dhaibh a chur a null ach dolair 'sa bhliadhna; agus tha iad ag ùrachadh a chàirdeis, agus a tarruinn muinntir na da dhùthcha na's dlùithe ri chéile na bha iad-ni a's luachmhoire gu mor taobh air thaobh na gibht òir no airgid.

Cha'n fhada gus am bi na dh' fhóghnas de bhailtean ann an siorrachd Cheap Breatunn. A bharrachd air Sidni, a tha gu bhi na bhaile-mór no na chathair an déigh na Bliadhn' Uire, tha anns an t-siorrachd mar tha, Sidni Tuath, Sidni Mines, <eng>Glace Bay,<gai> is Louisbourg. Agus a nis tha an Reserve is Seana Bhrìgeport a' cur mu dheidhirm a bhi air an corpachadh mar bhail' eile. Ma thig sin gu crìch bidh aon bhaile-mór agus sia bailtean corpaichte anns an t-siorrachd, àireamh na's mo, tha sinn a' creidsinn, na tha ann an siorrachd eile 'sna Roinnean Iochdrach. Tha Bridgeport air dhol a stigh ri <eng>Glace Bay.<gai> Mar sin an ùine ghoirid bidh na bailtean mèinne uile air an corpachadh ach a mhàin Port Morien.

Tha Cuideachd an Iaruinn is Cuideachd a' Ghuail a nis air an sgaradh o chéile 's gach aon ag obair air a bonn fein. Is e barail an luchd-riaghlaidh gu'm bi sin moran na's fhearr taobh air thaobh. Bidh cuideachd a' Ghuail, le bhi fuasgailt' o'n chuideachd eile na's comasaiche air an obair a chur air adhart le neart, agus barrachd guail a chur os cionn talmhainn 'sa bhatar a' deanamh riamh roimhe. Agus leis an airgid a fhuair Cuideachd an Iaruinn mar dhuais an sgaraidh theid aca air muileann <eng>rails<gai> a thogail is ni no dha eile a chur an uidheam a bhios a chum feum is probhaid daibh. Tha 'n t-eagal a bh'air daoine gu robh 'n obair-iaruinn ri bhi air a cur na tàmh a nis air dealachadh riutha. Tha iad a' creidsinn gu facas na làithean a's duirche tha Sidni gu fhaicinn an da latha so-nach bi 'n geamhradh so cho cruaidh 's a bhatar an dùil, agus gu'm bi an samhradh s'a tighinn cho math ri aon a chaidh seachad. Tha na ceannaichean a' deanamh gu math aig an àm so. Tha cuid diu ag radh gu bheil malairt na's fhearr aca na bha aca mu'n àm so an uiridh.

SUIL AIR AIS.

THA 'n samhradh seachad agus am foghar air crìochnachadh agus tha sinn a' dol a stigh do gheamhradh eile. Is àm so de 'n bhliadhna anns am bi e iomchuidh sùil a thoirt air ais agus beachd a ghabhail air maitheis an Fhreasdail dhuinn ré na bliadhna 'tha tighinn gu

ceann. Ann am mor-roinn Chanada 's e mo bheachd nach 'eil aobhar gearain no talaich ann. Bha àm sìl-chur agus àm buana ann. Tha nise toradh na talmhainn 'sna taighean-tasgaidh, agus tha sinn a fòghlum gu bheil gu leòr agus ri sheachnadh anns an tìr air-son duine agus ainmhidh. Tha farsuinneachd neo-chumanta againn anns an Iar-Thuath, agus ged tha luchd-imrich a' dòrtadh a stigh innte as gach cearn de 'n t-saoghal cha 'n 'eil fhathast ach roinn bheag de 'n dùthaich sin air a h-àiteach. B' fhearr leinn gu 'n tigeadh tuilleadh de luchd-imrich ugainn á Gàidhealtachd Alba. Tha talamh gu leor agus saor againn dhaibh, agus tha sinn cinnteach gu 'm biodh iad fhein ni b' fhearr dheth ann am beagan ùine na tha iad ann an tìr am breth. Tha moran sluaigh a tighinn do 'n dùthaich nach 'eil sinn ag iarraidh a muigh no 'mach, ach air-son sin cha 'n 'eil math an dorus a dhùnadh air na daoine bochda. Ri ùine faodaidh iad tighinn gu bhì na'n sluagh math gu leor. Cha robh riamh uiread sìl, de gach seorsa, coirce, eorna agus cruithneachd, anns an dùthaich ud 'sa th' ann am bliadhna, ged tha an cruithneachd beagan air ais. Bha ceud muillion buiseal aca an uiridh: tha ceud is da mhuillion aca am bliadhna. Na'n robh an cruithneachd air fàs cho math 'sa dh' fhàs e 'n uiridh, is beag nach biodh an àireamh buiseal air a dhùblachadh. Ach tha gach cùis gu math; tha phris na's fhearr am bliadhna agus ni sin suas an call. Bha 'n uiridh 24 buiseal de chruithneachd air an acaire thar a chéile. Am bliadhna cha robh ann ach 16 buiseal an t-acaire; ach tha moran a bharrachd acraichean fo chruithneachd am bliadhna na bh' ann an uiridh. Ged is mor na tha de shluagh air tighinn do 'n dùthaich o cheann deich bliadhna agus còrr, tha fathast da cheud gu leth muillion acaire (250,000,000) de 'n fhearann àitich a's fearr, no co-dhiù cho math, 'sa th'air an t-saoghal, fàs agus a feitheamh ri bhì air a chur gu feum ann an Aird' an Iar-Thuath. Cha 'n 'eil fios aig an t-saoghal, agus cha 'n 'eil sinn féin a tuigsinn, cho luachmhor 'sa tha an tìr mhath so a thugadh dhuinn mar àite-còmhnaidh. Biomaid a' cur luach air ar tìr agus ga 'moladh do mhuintir eile.

Tha sinne bhos aig cladach na h-Atlantic gu math dheth air a' bhliadhna so mar an ceudna. Tha cosnadh pailt aig muinntir a tha ag iarraidh cosnadh. Bha 'n runnach pailt agus rinn na h-iasgairean feum math air. Ma bha 'n trosg gann bha prìs mhor air na bh' ann. Bha iasgach nan giomach gle mhath air an t samhradh a dh' fhalbh.

Tha cuid a' cumail a mach gu bheil e na 'chleachdadh aig na tuathanaich a bhì 'gearain, biodh a' bhliadhna math no dona, ach cha 'n 'eil sin uile na fhìrinn. Cha 'n 'eil mi 'cluinntinn dad de ghearan aig tuathanaich Cheap Breatuinn air an fhoghar so. Tha 'm feur cuimseach math aca. Dh' fhàs an t-arbhar anabarrach math, ach cha do dh' abaich e idir ro choimhlionta. Bha 'n samhradh fuar agus tioram na thoiseach, agus ged a dhòirt uisge ann am pailteas an déigh sin, a thug fàs gu leòr, cha robh mor theas gréine ann. Ged bha "samhradh breac, riabhach" againn cha robh "foghar geal, grianach" ann idir. Lean i car fliuch agus dh' fhàg sin an t-abachadh air ais agus a bhuaib fadalach. Ach tha gach cùis gu

[Vol. 12. No. 13. p. 3]

math. Tha 'm buntàta pailt agus tioram. Tha prìs chuimseach air gach ni a th'aig an tuathanach ri chreic. Im 20c; mairt-fheòil 6c.; muic-fheòil 8c.; buntàta 40c. am buiseal; uighean 20c.; feur 60c. an ceud; flùr \$5.00 am barailte; agus mar sin sios.

Tha mi 'cluinntinn gu robh toradh trom mar is àbhaist an Eilein a' Phrionnsa air a' bhliadhna so. Tha cruithneachd agus gach pòr eile pailt anns an eilein thorach sin. Tha so uile na aobhar taingealachd Dhàsan o 'm bheil gach maitheas a sruthadh.

"Mu 'n bhliadhna coran tha thu cur
Le d' mhairtheas fein a Dhé;
Tha saill a' sileadh anns gach àit'
O d' cheumannaibh gu réidh."

Thuirt sinn gu 'n robh so na àm freagarrach gu bhi sealltainn air ais. Is iomadh àm anns am bi sinn a sealltainn air ais agus a' cuimhneachadh air nithean a chaidh seachad. Tha cuid de nithean ann agus bu cho math dhuinn féin agus do mhuintir eile gu 'm biodh dichuimhne dol orra. Bha duine ann uair, ma 's fìor an sgeula, a bha dol air thurus. Chunnaic e òg-bhean a thaitinn ris a' dol tarsuinn na slighe beagan air thoiseach air. Bha toil aige gu 'n gabhadh iad a chuid eile de 'n t-slighe cuideachd, o'n bha iad le cheile na'n ònrachd. Ach bha aicese ri a slighe fein a leantuinn agus aigesan a shlighe féin. Ged nach d' fhuair e ach an aon sealladh di cha b' urrainn e, ma b' fhìor, a cur as inntinn tuille. Bha sin gòrach dha. Ach tha iomadh ni coltach ri sud a tachairt do mhuintir anns an t-saoghal: nithean taitneach agus nithean neo-thaitneach, a coinneachadh riutha air an t-slighe agus a deanamh làrach air clàr na cuimhne nach gabh toirt as tuille. Faodaidh gu bheil cuid a' dol troimh 'n t-saoghal gun mhoran smaointinn aca air ni sam bith. Ach cha chùis fharmaid iad sin idir. Thugadh dhuinn cuimhne agus tuigse maille ri buadhan inntinn eile gu bhi deanamh feum dhiu. Ann a bhi ag amharc air ais, biomaid a foghlum ùmhlachd agus ag altrum spiorad taingealachd, agus a tuigsinn gu bheil na h-uile ni ag obrachadh chum a chuid a's fearr do 'n dream a tha 'g earbsa an cùisean uile ri Aon a's àirde na iad fein.

Beannachd ugad fhein agus gu d' luchd-leughaidh uile. Do charaid
C. C.

Gabarus, C. B., Dec. 3, 1903.

FACAL BHO SHEUMAS N.

A DHEAGH CHARAID,—Bheir sibh moran, moran taing uamsa gu "Leughadair Gàilig" nan trì sùilean, air-son cho innleachdach, cho teòma, agus cho geur 'sa bha e an latha, no 'n oidhche, 'chuir e air dòigh a mhearachd mhor a rinn mi mu "Eòbhain bàn mac an t-saighdeir." Cha do smaointich mise riamh air trì lamhan a chur air a' churaidh chòir, agus ged a sheall mi meadhonach math geur mu 'n cuairt air pearsa

dhàicheil Eóbhain, cha tug mi an aire riamh gu 'n robh tri lamhan air. Ach is olc an galair cion an fhradhairc. Is mor m' eagal gu 'm feum mi iasad fhaighinn de na glaineachan cumhachdach aig ar caraaid mu 'm faic mi an treas làmh a dh' fheuch e ri shealltainn dhuinn le 'leithid de shaothair, agus a fhuair bith na inntinn dhealbhadh, bheartach fhéin, far am faod e adhlacadh sàmhach a thoirt di, no gleadhach, mar a thogras e fhein.

A nis, gabhaidh sinn an t-iomaire anns an robh ar caraaid a ruamhar 'nuair a thachair an lamh iongantach ud ris, agus cuiridh sinn a rithist an t-sluasaid ann.

"Le so a radh leum e thun an Fhrangaich, 's a breith le 'lamhan iarnaigh air chibhlean air, tharruinn e 'dheud cho farsuinn o chéile 's gu 'n rachadh cù sios, agus dhòirt e glaine bhinigir sios na 'sgòran."

Sin agaibh e. Nach iomadh uair a dh' fhosgail ar caraaid a chiste le 'dha laimh—agus is dòcha bheireadh e 'shàth dha sin a dheanamh—ach 'nuair a gheibheadh e fosgailt' i, chumadh e mar sin i le aon laimh, agus chuireadh e 'chòta, no léine gheal (a bha làmh ris) innte leis an te eile. Agus cha 'n 'eil teagamh nach b' ann mar sin a rinn Eobhain air an Fhrangach. Co dhiù, b' ann mar sin a thuig mis' e, agus tha mi smaointinn a thuig càch e; oir ma theid sgrìobhadair a shloinneadh gach facail a sgrìobhas e cha bhiodh loinn no tlachd air a shaothair, agus thig air iomadh uair 'fhàgail aig tùr is tuigse leughadair, sealltainn eadar na sreathan gus iomadh bearna bheag a lionadh suas.

Ach tha daoine ann agus cha 'n fhoghainn leotha fhaighneachd dhiot, cia mar a tha thu, ach feumaidh iad fhaighinn a mach agus fhaighneachd cia mar a tha do cheann, agus an sin do chasan, agus gu h-àraidh do lamhan, mu 'm bi iad riaraichte. Agus tha e furasd' fhaicinn gur ann diu sin ar caraaid, oir cha 'n fhóghnadh leis e fhein a chur sios mar "Leughadair," 's e chuir e ann "Leughadair Gàilig." Nach fhaodadh e bhith cinnteach nach ann 'san Eabhra, no 'n Greugais, no 'san Laidionn, a gheibheadh e tri lamhan air "Eobhain bàn mac an t-saighdeir?"

'Ur caraide dìleas,
SEUMAS N. MAC FHIONGHAIN.

ROBINSON CRUSOE.

CAIB. VI.

ANNS a' mhionaid bhuaile e anns a' cheann agam gu 'n robh cothrom agam air teicheadh na b' fhearr na bh' agam riamh roimhe, oir chunnaic mi gu 'n robh bata gasda agam fo mo riaghladh. An uair a dh' fhalbh mo mhaighstir, thoisich mi ri deanamh deiseil, cha b' ann air son iasgaich ach air son turus cuain a dh' fhaodadh a bhith fada. Cha robh fhios agam, agus cha mho a smaoinich mi air, co dhiubh a b' aithne dhomh stiùireadh a dheanamh no nach b' aithne;

oir bha mi coma c' aite an rachainn nam faighinn air falbh as an aite an robh mi.

B' e a' cheud rud a bhuail anns a' cheann agam gu 'n iarrainn air a' Mhoorach tuilleadh de bhiadh 's de dheoch fhaotainn air bord; oir thuirt mi ris nach freagrach e dhuinn am biadh a chuireadh air bord do ar maighstir ithe. Thuirt e gu'n robh sid fìor; agus mar sin thug e bascaid mhor lan de bhrioscaidean gu bord, agus tri pigeachan lan uisge. Bha fhios agam far an robh a' cheis bhotul aig mo mhaighstir an gleidheadh, agus bha e soilleir o 'n chumadh a bha air na botuil gu 'm b' ann a luing Shasunnaich a ghlac e a thugadh iad, agus thug mi do 'n bhata iad am feadh 's a bha am Moorach air tìr, mar gu 'm biodh iad anns a' bhata roimhe air son ar maighstir. Thug mi mar an ceudna cnap mor de cheir-sheillean, anns an robh corr is leith-cheud punnd de chudam, do 'n bhata, agus pasgan de shnath laidir, agus tuadh, agus sabh, agus ord. Bha na nithean so uile gle fheumail dhuinn 'na dheigh sid; gu h-araidh a' cheir gus coinnlean a dheanamh.

Dh' fheuch mi cleas eile air agus gu neo-chiontach rinn e mar a dh' iarr mi air. B' e 'ainm, Ismael, agus b' e Moley a theirteadh ris gu cumanta.

"A Mholey," arsa mise, "tha na gunnathan aig ar maighstir air bord a' bhata, an urrainn dut beagan luaidhe is fudair fhaotainn? Faodaidh e bhith gu 'm faigh sinn cothrom air guilbnich a mharbhadh dhuinn fhìn, oir tha fhios agam gu 'm bheil fudar is luaidhe anns an luing."

"Is urrainn," ars' esan; "theid mi dh' iarraidh rud dhiubh."

Uime sin thug e do m' ionnsuidh poca mor leathair anns an robh da phunnd gu leith fudair, no corr, agus poca eile anns an robh mu choig no sia de phuinnd luaidhe, agus peilleirean, agus chuir e anns a' bhat' iad. Aig a' cheart am fhuair mise fudar anns a' chabin mhor aig mo mhaighstir, agus lion mi botul mor a fhuair mi dhe 'n fhudar so; agus an uair a chunnaic mi gu 'n robh a h-uile rud a bha feumail dhuinn againn, thog sinn an seol, agus dh' fhalbh sinn a dh' iasgach. Bha fhios aig an fheadhainn a bh' anns a' chaisteal a bh' aig beul a' phuirt co sinn, agus mar sin, cha do chuir iad dragh sam bith oirnn.

An uair a sheol sinn mu mhìle am mach as a' phort, thug sinn a nuas an seol, agus shuidh sinn gu teannadh ri iasgach. Bha 'ghaoth o 'n tuath 's o 'n ear-thuath, calg-dhireach an aghaidh mar bu mhiann leam; oir na'n robh i 'seideadh o 'n deas, bha mi cinnteach gu 'n deanainn corsa na Spainne dheth, agus air a' chuid bu lugha, gu 'n ruiginn Bagh Chadis. Ach chuir mi romham, cìod sam bith rathad a sheideadh a' ghaoth, gu 'm falbhainn as an aite oillteil anns an robh mi, agus gu 'm fagainn an corr ann an lamhan an fhreasdail.

An deigh dhuinn a bhith feuchainn car uine ri iasg a ghlacadh, agus sinn gun deargadh fhaotainn-oir an uair a dh' fhairichinn iasg air an dubhan cha tugainn an nios e air eagal gu 'm faiceadh cach mi,

agus thuirt mi ris a' Mhoorach: "Cha dean so an gnothach idir, cha 'n fhaigh sinn iasg do ar maighstir; feumaidh sinn a dhol na 's faide am mach o thir.

Cha do smaoinich esan gu 'n robh olc sam bith fa 'near dhomh, agus dh' aontaich e gu'm bu choir dhuinn an seol a thogail; agus o 'n a bha mise aig an stiuir, sheol sinn am bata mu thri mile na b' fhaide o thir na bha sinn roimhe. An sin leag sinn an seol, agus dh' fheuch sinn ri iasg a ghlacadh.

An ceann beagan uine, thug mi an stiuir do 'n bhalach, agus chaidh mi suas far an robh am Moorach, agus air dhomh a bhith leigeadh orm gu 'n robh mi 'g iarraidh rud eigin a bha dhith orm, chrom mi air a chulaobh, agus gun fhaireachadh dha, chuir mi mo lamhan fodha, agus thilg mi am mach air a' mhuir e.

Ged a chaidh e fodha, thainig e an uachdar mar gu 'm biodh arc ann, agus ghuidh e orm a thoirt air bord, agus thuirt e rium gu 'n siubhladh e an saoghal comhladh rium. Shnamh e cho laidir an deigh a' bhata 's gu 'm beireadh e oirre ann an uine ghoirid, o nach robh an soirbheas ach lag.

An uair a chunnaic mi so, chaidh mi do 'n chabin, agus thug mi gunna as. Chuir mi ri mo shuil e, agus thuirt mi ris, nach d' rinn mi cron sam bith air, agus nach mo a dheanainn cron air nam fanadh e samhach. "Ach," arsa mise, "tha thu 'nad shnamhaiche cho math 's gu'n teid agad air an cladach a ruighinn gu sabhailte. Tha am muir lom; feuch cho math 's is urrainn dut ris a' chladach a ruighinn, agus cha dean mise cron sam bith ort; ach ma dh' fheuchas tu ri tighinn na 's dluithe do 'n bhata, cuiridh mi peilllear troimh 'n cheann agad; oir tha mi suidhichte gu 'm bi mo shaorsa agam."

An uair a chual' e so, thionndaidh e air falbh, agus shnamh e thun a' chladaich, agus cha'n 'eil teagamh agam nach d' rainig e gu sabhailte, oir bha e 'na dheadh shnamhaiche.

Bhithinn toilichte gu leor am Moorach so a thoirt leam, agus am balach a bhathadh; ach bha eagal orm nach biodh e sabhailte dhomh m' earbsa a chur ann.

[TD 100]

[Vol. 12. No. 13. p. 4]

An uair a dh' fhalbh am Moorach o 'n bhata, thionndaidh mi ris a' bhalach, agus thuirt mi ris: "Ma bhios tu dileas dhomhsa ni mi duine mor dhiot; ach mur toir thu sgriob air d' aodann le do laimh mar chomharradh gu 'm bi thu dileas dhomhsa, sin ri radh, mur mionnaich thu air Mahomet, agus air feusag 'athar, tilgidh mi am mach air a' mhuir thu mar an ceudna."

Sheall am balach orm anns an aodann, agus labhair e cho neo-chiontach 's nach b' urrainn domh an-earbsa a chur ann; agus

mhionnaich e gu 'm biodh e dileas dhomh, agus gu 'n siubhladh e an saoghal comhladh rium.

Fhad 's a bha mi ann an sealladh a' Mhooraich 's e 'snamh gu tir, chum mi toiseach a' bhata am mach ris a' chuan, agus chum mi ris an fhuaradh i gu math, a chum gu 'n saoilleadh neach sam bith a bha 'g ar faicinn gu 'n robh mi air son a dhol troimh 'n chaol a tha eadar Africa agus an Spainn (mar a shaoileadh neach sam bith anns an robh tur gu 'n robh mi dol a dheanamh). Oir co shaoileadh gu 'n robh 'nar beachd seoladh mu dheas, gu corsa nan daoine borba, far an robh sinn cinnteach gu 'n tigeadh na daoine dubha le 'm bataichean mu 'n cuairt oirnn gus ar sgrios; far am biomaid air ar n-itheadh le fiadh-bheathach, no le daoine fiadhaich, nan rachamaid gu tir.

Ach cho luath 's a thainig dubhar an fheasgair, dh' atharraich mi mo chursa, a' cumail ris an aird a' deas 's an earra-dheas, a chum gu 'n cumainn dluth air a' chladach. Agus o 'n a bha soirbheas math fabharrach agam, agus muir lom, sheol mi cho math 's gu 'm bheil mi 'creidsinn gu 'n robh mi mu thri uairean feasgar an ath latha, mu cheud gu leith mile a deas air Sallee; fada seachad air rioghachd Iompaire Mhorocco, agus fada seachad air rioghachd righ sam bith eile, oir cha robh sinn a' faicinn duine sambith.

Ach air a shon sin, bha leithid de dh' eagal agam roimh na Mooraich, agus de dh' uamhas orm gu 'n tuiteam 'nan lamhan, 's nach stadainn, 's nach mo a rachainn gu tir, no gu acaire, O'n a bha ghaoth fabharach, lean mi romham air seoladh fad choig laithean. Ach an uair a dh' atharraich a' ghaoth thun na h-airde deas, thuirt mi rium fhein ma bha aon de shoithichean mo mhaighstir air mo thoir, gu 'n leigeadh iad a nis dhiubh a bhith 'g am leantuinn. Mar so, ghabh mi de mhisnich acrachadh aig beul aimhne bige. Cha robh fhios agam c'aite an robh mi, no ciod an duthaich no 'n cinneach do 'm buineadh an t-aite.

Cha 'n fhaca mi daoine agus cha mho na sin a bha mi 'g iarraidh am faicinn. Cha robh dad a dhith orm ach uisge fuar.

Thainig sinn gu beul na h-aimhne anamoch feasgar, agus bha sinn a' smaointean gu 'n snamhamaid gu tir feasgar, agus gu 'm faigheamaid am mach ciod an seorsa duthchadh anns an robh sinn. Ach cho luath 's a dh' fhas e dorcha, chuala sinn fuaim a chuir eagal oirnn-comhartaich, agus buirean agus donnallaich bheathaichean fiadhaich. Cha robh fhios againn ciod a' ghne bheathaichean a b' annta. Bha am balach a bha comhladh rium gus a bhith marbh leis an eagal; agus ghuidh e orm gun dol gu tir gus an tigeadh a' mhadainn. "Seadh, a Shuraidh," arsa mise, "cha teid mi gu tir, agus faodaidh e bhith gu 'm faic sinn daoine anns a' mhadainn a bhios a' cheart cho cunnartach ris na leomhainn so."

"Loisgibh urchair orra, ma ta," arsa Suraidh, 's e deanamh gaire, "agus bheir sin orra ruith air falbh.."

Ach air a shon sin bha mi toilichte gu 'n robh am balach cho aoidheil, agus gus an tuileadh misnich a thoirt dha, thug mi drama

dha as a bhotul a dh' fhag ar maighstir air bord.

An deigh a h-uile car, bha 'chomhairle a thug Suraidh orm ceart, agus ghabh mi i. Leig mi am mach an t-acaire, agus dh' fhan sinn far an robh sinn fad na h-oidhche. Ach cha d' fhuair sinn norradh cadail.

Mu dha no tri uairean an deigh dhuinn acrachadh, chunnaic sinn creutairean mora (cha robh fios againn ciod an seorsa chreutairean a bh' anna) de dh' iomadh gne a' tighinn a nuas thun a' chladaich. Chaidh iad do 'n mhuir, agus bha iad ri donnalaich cho eagallach 's a chuala duine riamh. Bha eagal uamhasach air Suraidh, agus bha eagal orm fhin cuideachd. Ach bha 'n tuilleadh eagail oirnn le cheile an uair a chunnaic sinn aon dhe na creutairean mora so a' snamh thun a bhata. Cha b' urrainn duinn fhaicinn, ach dh' aithnich sinn air an fhuaim a bha e deanamh anns an uisge, agus air an t-seatail a bh' air gu 'n robh e 'na bheathach mor, fiadhaich. Bha Suraidh ag radh gur e leomhann a bh' ann, agus faodaidh gur e, air son na bheil a dh' fhios agamsa. Ghuidh e orm an t-acaire a thogail agus iomradh air falbh.

"Cha tog mi an t-acaire idir," arsa mise. "Leigidh sinn am mach an cabla, agus buta air a cheann, agus bheir sinn an cuan oirnn far nach urrainn iad ar leantuinn.

Cha bu luaithe a thuirt mi so na chunnaic mi an creutair (ciod sam bith creutair a bh' ann) mu dha fhad an raimh o 'n bhata; agus chuir e car de chlisgeadh orm. Ach air a shon sin chaidh mi gun dail do 'n chabin, agus thug mi gunna as, agus an uair a loisg mi urachair air thionndaidh e 'aghaidh gu tir agus shnamh e air falbh.

(Ri leantuinn.)

LITIR A SIDNI A TUATH.

A CHARAID,—Cha 'n ann aon uair a shuidh mi sios a chum sgriobhadh a d' ionnsuidh o chionn àireamh mhiosan, ach do bhrìgh 's nach robh a dol agam air litir a chriochnachadh 'san aon suidhe 's ann a dh' fhàs iad cho sean orm 's nach b' fhiach iad an cur air adhart. Ach a nis o'n tha ùine gu leor agam aig an àm so, leigidh mi beagan fhacal gu MAC-TALLA mar a's fearr a dh' fhaodas mi.

Tha e 'toirt toileachadh nach beag dhuinn a bhi 'faicinn aghaidh MHIC-TALLA cho dreachmhor leis na tha thu fein agus do dheadh sgriobhadairean a toirt dhuinn o àm gu àm. Sheas "Cona" agus thu fein suas gu foghainteach air taobh Shir Eachainn Dhomhnullaich o chionn ghoirid. Is bochd da rìreadh gu 'n robh beatha laoich a bha cho treun, misneachail, agus cho dìleas d'a dhùthaich air a giorrachadh le tuaileis bhréige cheannardan farmadach, gun diù.

Cha 'n urrainn sinne thuigsinn ciod cho mor 'sa bha Sir Eachann air a theannachadh 'na inntinn mu'n do rinn e mar a rinn e. Cha 'n 'eil teagamh nach robh eagal air ged dheanadh e 'uile dhìchioll air e

fein a dhearbhadh neochiontach an làthair an t-saoghail, gu'm biodh na ceannardan truaillidh ud, mic Bheilial, tuilleadh is cruaidh air a shon. Is math an ni gu bheil e nis air a dheanamh soilleir do 'n t-saoghal leothasan a chuireadh a rannsachadh mu na h-uilc a bha air an cur as a leth, gu 'n robh e saor o gach aon diubh. Gidheadh tha e da rìreadh leibideach gu 'm faigheadh an luchd mi-ruin as gun an ainmean a bhi air an toirt am follais, agus iad fein air a deadh pheanasachadh.

Tha 'bhliadhna so gu bhi nis ri àireamh nam bliadhnachan a dh' aom; agus tha so 'na dheadh àm dhaibhsan nach 'eil a faotainn MHIC-TALLA gu cur ga iarraidh. Cha chòir do neach sam bith a mheas gu bheil a phrìs as an rathad, nuair a bheirear fa near gu bheil e air a dheasachadh an deadh Ghàilig, agus ged nach 'eil e tighinn a mach ach uair 'sa cho'-la-deug, deanadh eadhon Gàidheil Chanada féin an dleasdanas d'a thaobh, agus cha 'n fhada gus am faic sinn e tighinn ugainn gu seachduineal mar an tùs a làithean.

Gun teannadh ri sodal tha e soilleir ri fhaicinn bho na tha tighinn o pheann an fhir-dheasachaidh gur ann a' sior thighinn air adhart a tha e an co-cheangal ris a phaipeir. Agus a bhàrr air sin 'nuair a tha àireamh de dheadh sgriobhadairean a' cur uige gun tàmh, bu choir gu 'm biodh na Gàidheil uile air an dùsgadh suas gu bhi cur tuilleadh ùigh anns a' MHAC-TALLA, 's anns a' chànain mhilis, bhlasda a dh' ionnsuich iomadh aon dhinn mu chloich-an-teinntean.

Gheibh thu da dholair 'san litir so. Air son aon diubh biodh MAC-TALLA air a chur ugam féin bliadhn' eile; agus air son an aon eile, leanaibh air a chur ré bliadhna eile gu mo mhàthair "anns a ghleann 'san robh mi òg."

M. D.

SEOL-MARA.

LE "LONACH."

O'N uair a bha ar n-aithrichean a' gabhail comhnuidh ann an còsaibh nan creag, agus air an sgeadachadh ann am béin nam fiadh-bheathaichean a bha iad a' marbhadh air son an lòn, agus air sgàth gaoil na seilge, dh' ionnsaich sinne rud no dha. B' ann diubh so eòlas air seòl-mara.

B'e aon dhe na nithean sin a bha na daoine o shean lan-chinnteach a bha do-rannsaichte, an t-aobhar, no 'n ceann-fath, a bha 'toirt an t-siùil-mhara mu 'n cuairt, agus biodh iad a' bruidhinn air mar "uaigh an fhiosrachaidh thalmhaidh."

Cha robh an ùine fada gu deardh gus an d' thug an sluagh a bha 'gabhail comhnuidh ri taobh na mara, agus iadsan a bha 'nam maraichean, an aire do 'n cheangal iongantach a bha eadar siubhal làthail na gealaich agus lionadh is tràghadh na mara. Ach dh' fhan e 'na dhubh-dhorchadas am measg dhaoine co dhiubh a bha buaidh aig a

ghealaich air na siùil-mhara no aig na siùil-mhara air a' ghealaich, air neo nach robh 's an aogasg ceangail a bha eatorra ach co-chòrdadh tuiteam ach.

Chaidh solus a thilgeadh air so le Newton air dha amas air an reachd, no 'n riaghailt àraidh sin a th' aig gach ni air tuiteam sìos, no <eng>gravitation,<gai> mar a theirear ris 's a' Bheurla. Fhuaradh mar sin an iuchair, mar gu 'm b' eadh, air so, cho math ri iomadh ceisd eile a bhuineas do nàdar a chruthachaidh.

Is e th' anns na siùil-mhara, ma ta, ceann-criche a tha air a thoirt gu buil leis a' chomas tarraim a tha eadar a' ghealach agus a' ghrian. A' labhairt gu coitchionn, faodar a radh gu 'm bheil a' ghealach a' tarraim an uisge air falbh o'n t-saoghal air an taobh a's fhaisge dh' i, agus aig a' cheart àm a' tarraim an t-saoghail air falbh o 'n uisge air an taobh a's fhaide uaithe, a' toirt mu 'n cuirt 's an dà chùis bòrcadh, no at-mara air an dà thaobh dhe 'n chruinne-ché a tha mu choinneamh a cheile le leagadh, no lag, a réir sin 's na h-uisgeachan eatorra.

Tha 'ghrian mòran na's fhaide air falbh o'n talamh na 'ghealach, agus ged a tha i mòran na 's dòmhla, cha 'n 'eil buaidh a neirt a leith cho làidir ris a' chuairt-reul a bhuineas do 'n chruinne-ché-a' ghealach. An uair a thàirneas na soluis na 's mò agus na 's lugha na cheile comhladh, no aig an aon àm, mar a ni iad aig amannan sònruichte, 's e sin aig àm na gealaich ùire, agus an uair a tha ghealach làn, tha 'n tràghadh 's an lìonadh le chéile air am meudachadh gu mór, a' toirt mu'n cuairt, mar is aithne dhuinn, an reothairt.

[TD 101]

[Vol. 12. No. 13. p. 5]

Air an laimh eile, an uair a tha iad ag oibreachadh an aghaidh a chéile, sin ri radh, an uair a bhios, mar a dh' fhaodas sinn a chur, àm tràghaidh na gréine a' co-chordadh ri àm lìonaidh na gealaich-agus air a' chaochladh; mar a thachras an uair a bhios a' ghealach 'na ceud cheathramh agus 'na ceathramh mu dheireadh; an sin tha 'n tràghadh 's an lìonadh air an lughdachadh a réir sin, agus thig a' chontraigh.

Cha 'n 'eil a' ghealach 'na cuairt mhiosail a' gleidheadh an aon astair o'n talamh. Tha i aig aon àm a' tighinn sia air fhichead mìle de mhiltean na 's fhaisge oirnn na tha i aig àm eile. Mar is fhaisge thig i air an talamh is ann is treise nochdar a cumhachd thar na siùil-mhara.

Tha ghrian mar an ceudna na 's fhaisge air an talamh ri àm a' gheamhraidh na tha i ri àm an t-samhraidh; agus mar sin tha siùil-mhara na gréine na 's treise ann an ceud mhios na bliadhna na ann am mìos deireannach an t-samhraidh.

Chithear mar sin gu 'm bheil mòran de chaochladh nithean a bhuineas do Speuradaireachd, no Reul-eòlais a' measgachadh leis gach cunntas a thatar a' toirt air na siùil-mhara. Is e an co-dhùnadh a th' ann, gu 'n tig na làin a's àirde leis a' cho-chòrdadh a's mò de staidhean a tha fàbharrach; mar eisimpleir, an uair a thàirneas a' ghrian 's a' ghealach comhladh aig an aon àm agus iad le chéile 's an àite a's fhaisge do 'n t-saoghal na 'n cùrsa fa leith.

Is e so a tha gu tric a' toirt air na tuiltean millteach tighinn thar roinnean àraidh dhe'n Tir-mhòir. Bhiodh iad sin na 's trice agus na 's milltiche mur b'e 'ghaoth a bhith seideadh aig an àm an aghaidh an t-sruth.

An uair a chithear gu 'm bheil-'s a' cheud àite co dhiubh-na siùil-mhara air an toirt mu'n cuairt tre oibreachadh chumhachdan a tha 'n taobh am muigh dhe'n t-saoghal so, dh' fhaodamaid tighinn gu co-dhùnadh gu 'n robh na cumhachdan sin ag oibreachadh gu cunnabhalach air uachdar an domhain air fad. Cha'n 'eil so mar so idir; oir tha cuid de mharannan cha mhòr gun seòl-mara idir. Agus air an làimh eile, tha na siùil-mhara 'g atharrachadh ann an àirde o sheachd troidhean gu tri fichead troidh 's a seachd ann an iomadh àite dhe 'n aon oirthir.

Is e am mineachadh a th' air so gu 'm bheil na siùil-mhara air an stiùradh gu cumhachdach leis gach gnè suidheachaidh a bhuineas do 'n àite mu 'm bheil iad ag iathadh, mar chumadh no dealbh an oirthir, mùthadh doimhneid an uisge, agus neart is iùil na gaoithe. Mar sin is ann an caolais, camuis is òban is àirde 'gheibhear na siùil-mhara air oirthir sam bith; agus an fheadhainn a's isle 's an dùthaich eatorra sin far am bheil am fearann a' seasamh am mach. Is anns na caolais fhada phìobach a tha dìreach mu choinneamh sruth an lìonaidh, a tha na làin a's àirde, far, ma dh' fhaoidte, an èirich iad o thri fichead troidh 's a' deich gu ceud troidh, mar a nì iad air cladach an iar Nova Scotia.

Am mach anns a' chuan mhòr cha 'n 'eil an seòl-mara so faicsinneach; bidh an t-uisge dìreach ag éirigh 's a' laidhe, agus cha 'n 'eil an gluasad so, a tha mar gu 'm bitheadh e 'siubhal, na 's fìor na tha 'n gluasad a chithear air bharr na diasan anns an achadh choirce an uair a shéideas a' ghaoth thairis air. Cha'n 'eil ann ach samhladh 's an dà àite.

Ann an caolas teann is inbhir aimhnichean ged tha, is e an t-uisge fhein a tha air a ghluasad, agus air iomain air aghart, agus tha 'n seòl-mara a' fàs na shruth aig am bheil a shiubhal luath no mall a réir mar a thig 'na rathad.

Chaidh mòran a sgrìobhadh air gné nan seòl-mara, agus nan sruthan a tha 'g oibreachadh 's a' chuan mhor an aghaidh a chéile air nach ruig sinn a leas iomradh a thoirt an so. Ach ged a tha iad so a' sior chnàmh na talmhainn, agus a' bristeadh sìos nan creagan le 'n spionnadh maireannach tha iad aig an aon àm, ann an iomadh àite, ro fheumail gu caolais is puirt a dheanamh agus a chumail fosgailte. Far nach 'eil seòl-mara cha 'n 'eil e comassch, no soirbh co dhiubh,

beoil aimhnichean a chumail fosgailte agus glan o sprùilleach a chruaidheachas ri ùine gu bhith 'na sgeir-bhaithte.

Tha daoine ionnsaichte, a tha sàr-eòlach air deanamh solus an dealain anns na laithean so, dhe 'n bheachd gu 'm faodamaid neart nan seòl-mara 'cheangal agus a chur gu feum, ach cha d' thainig sin fhathast.

Aon ni eile feumaidh sinn innseadh gu h-aithghearr, agus is e sin, gu 'm bheil daoine foghlumte 'g innseadh dhuinn gu 'm bheil a ghealach sia uairean na's fhaide o'n t-saoghal so na bha i an uair a thòisich an cruthachadh; agus air an aobhar sin bhiodh neart nan seòl-mara dà cheud agus sia uairean deug na's treise na tha e 'nar latha-ne.

Beachdaicheamaid ma ta air an neart uamhasach a bha 'n sin gu creagan a chnamh air falbh seach mar a tha e'n diugh, mòr 's mar a tha e. Suarach mar a tha obair nan seòl-mara an diugh seach mar a bha i mu thoiseach an t-saoghail. Tha so so-fhaicsinneach do neach sam bith a tha eòlach air ar cladaichean agus air oirthir an fhearainn mar a tha 'n obair a' dol air aghart o bhliadhna gu bliadhna. Cha 'n 'eil e cho so-fhaicsinneach, ged a tha e 'cheart cho cinnteach, mar a tha obair nan seòl-mara 'meudachadh fad an latha. Ged is i 'ghealach a tha cur nan seòl-mara air siubhal, is ann o neart a tha 'tighinn o'n talamh, no 'n cruinne-cé so againn 'na dhol mu 'n cuairt a tha iad ag oibreachadh. Mar sin tha neart na talmhainn 'g a sìor thoirt air falbh no 'dol an lughad; agus o nach 'eil dòigh air an call sin a dheanamh suas, tha 'n neart a tha 'tighinn o roladh na talmhainn a' dol na's lugha uidh air n-uidh. Tha roladh laitheil na talmhainn air a' mhul mar so air a bhacadh, no, tha maille air a chur air, agus mar sin, tha 'n latha air a dheanamh na 's fhaide. Direach mar a tha 'ghealach a' dol na 's fhaide 's na 's fhaide o'n t-saoghal, tha 'n latha 'dol na 's fhaide 's na 's fhaide, ach cho mall 's gur gann a chithear atharrachadh ri linn fir a bhiodh cho sean ri Metuselah. Ann am mìle bliadhna cha ruigeadh e ach gu bloigh tiotaidh, ged a chiteadh mùthadh a b' fhiach ann an deich ceud mìle bliadhna is corr.

An uair a bha 'n talamh 'na làn neart, agus mu 'n do thòisich na siùil-mhara air suathadh ris, agus mar sin 'ga bhacadh, no 'cur maille air, tha e air a ràdh gu'n robh e 'dol mu'n cuairt air a mhul, uair 's na trì uairean an àite uair 's na ceithir uairean fichead mar a tha e 'n ar latha-na. Cha b' urrainn an uine bhith na bu ghiorra, oir cha leanadh bith an t-saoghail so ri chéile ri leithid de dh' astar. B' e so an t-àm anns an robh a' ghealach a' cuartachadh dlùth air an talamh, mar a tha daoine 'smuaineachadh, agus an uair a bha i 'ruith a réis timchioll air ann an trì uairean.

Is ann an uair a thòisich na siùil-mhara, ma ta, a thòisich an talamh air dol mu 'n cuairt beagan na 's maille, gus am bheil e nis a' gabhail ceithir uairean fichead an àite trì uairean aig toiseach a' chruthachaidh.

Mar sin, fhad 's a mhaireas na siùil-mhara theid an latha, no cuairt

an t-saoghail, na 's fhaide 's na 's fhaide, agus ma mhaireas an cruinne-cé fada gu leòr thig an t-àm anns am bi an latha co-ionnann ann am fad ri mios, sin ri ràdh, an uair a ghabhas an talamh a' cheart uiread a dh' uine a' roladh air a mhul aon uair 's a ghabhas a' ghealach a' dol timchioll 'na cuairt fein.

Tha e air a ràdh gu 'n tachair so an uair a shìneas an latha 'mach gu ceithir cheud deug is dà uair fhichead. Agus an sin bheir suathadh nan seòl-mara air an t-saoghal an aon taobh dheth a thionndadh daonnan ris a ghealaich. Bidh an sin muir-làn an comhnuidh ann, no, ann am briathraibh eile, thig stad air traghadh is lionadh. Mar sin fàgaidh sinn an dràst' e.-Beatha 's Obair.

Innleachd Shasunn agus neart Alba.

[Dealbh]

CARDADH IS SNIOMH.

Tha sinn an so a toirt fa chomhair ar leughadairean dealbh dithis de na mnathan a bha air an Iubili, ann an Waipu, New Zealand, air an treas là deug de Februaireidh s'a chaidh. Dh' fhàg iad so Ceap Breatunn leth-cheud bliadhna air ais, anns an imrich a bha 'n Iubili a dh' ainmicheadh a cumail air chuimhne. Cha 'n 'eil fhios againn có iad, ach gu bheil an té a th' aig a chuibhill pòsda aig fear Mac Aonghais, agus an té a tha càrdadh aig fear Gill. Tha e coltach gu bheil an càrdadh 's an sniomh a dol á fasan an New Zealand mar a tha tachairt ann an Ceap Breatunn; oir tha sinn a tuigsinn gu robh obair nan dithis mhnathan còire so na sheòrsa de dh' ioghnadh do 'n mhor chuid de na bha làthair aig nach robh eòlas sam bith air calanas.

[TD 102]

[Vol. 12. No. 13. p. 6]

FACAL A L'ARDOISE.

A DHEAGH CHARAID,-O'n tha 'n là an diugh neo-fhreagarrach gu dad a dh' obair a dheanamh air taobh a mach an doruis, air do 'n uisge bhi sìleadh, smaoinich mi nach bu mhisd' an gnothuch beagan fhacal a chur gu MAC-TALLA; agus ged a shìn mi air sgrìobhadh cha 'n 'eil fhios agam ro mhath cìod a bheir mi dhuibh aig an àm so, oir cha 'n eil ni annasach sam bith a dol air adhart 'san àite so.

Tha "C. C." ag innse dhuinn mu na h-ainmean Frangach a th' air cuid de na sgìreachdan a tha an ear oirnn, agus mar an ceudna nach 'eil aon Fhrangach a còmhnuidh annta aig an àm so, ged a bha iad uaireigin air a chaochladh. Cha 'n urrainn mise sin a radh mu 'n àite so. Tha e giulan ainm Frangach, agus cha rachadh neach fada cearr ged a bhruidhneadh e 'san Fhraingeis ris na h-uile a thachradh ris. Agus mar sin tha mi 'creidsinn nach bi moran de luchd-gabhail

aig a' phaipeir Ghàilig an da latha so 'san earrann so de Cheap Breatunn. Faodaidh mi radh gur e gle bheag de Bheurla a thatar a labhairt 'san àite so. Tha na Frangaich gu bitheanta glé mheasail air an cànan; agus air-son am beagan Ghàidheal tha còmhuidh ann 's i Ghàilig a th'air a cleachdadh le sean is òg. Ach cho gann 's gu bheil luchd na Gàilig dh' fhaodadh barrachd a bhi 'gabhail MHIC-TALLA ann 'sa tha.

Tha mi 'faicinn gu bheil "Leughadair Gàilig" a faotainn coire do sgeulachd Mhic Fhionghain, "Eobhain bàn mac an t-saighdeir." Cha 'n 'eil mi 'g radh gu robh 'n gnìomh a rinn Eobhain cho fìor dhoirbh 'sa shaoileas neach. Tha mi 'smaointinn nach cuireadh e moran spàirn air té de lamhan Eobhain a ghlaine 'chumail agus greim a bhi aige air a chraos aig an àm cheudna. Is ann mar so a shaoileas mise 'chaidh aige air an deoch mhilis ud a thoirt do 'n Fhrangach. Agus fiachadh "Leughadair Gàilig" an dòigh so an ath turus a bhios e 'g òl fìon, no bhinìgir, no eadhon uisge, gun a bhi air ghoil. Agus ged nach do thachair do 'n ùghdar a dheanamh gle shoilleir dhuinn, dh' fhaodadh na'n robh "Leughadair Gàilig" faisg air gu'n sealladh e dha mar a rinn Eoghain bàn.

Tha 'n t-àm sgar. Cluinnidh sibh uam roimh 'n bhliadhn' ùir fhathast.

Is mi 'ur caraid,
COINNEACH A. MAC FHEARGHAIS.
L'Ardoise, Dec. 4, 1903.

LITIR A TAOBH NA H-AIBHNE DEAS.

A CHARAID RIOGHAIL, RUNAICH,—Bho 'n tha càirdean agus luchd-gabhail a' phàipeir ghasd' sgar a sgrìobhadh á moran chearnachan dhe 'n t-saoghal bho àm gu àm, tha mi 'dol a chur sgrìobag de litir ga d' ionnsuidh as a chearna so. 'Nuair a bhios mi gu trang ag obair air a bhaile no 'sa choille leam fhéin bidh iomadh ni a tighinn fa chomhair m' inntinn, agus 'se aon ni 'tha cur bochdainn orm cho suarach 'sa tha òigrìdh an àite so mu 'n Ghàilig. Tha e gun teagamh na ni taitneach a bhi 'g éisdeachd ri fear labhairt a tha math 'sa Bheurla, agus gur ainneamh ni a tha cho taitneach ris, ach cha chuir mi 'n coimeas e ri fear labhairt Gàilig ghlan, shnasail, mar a chluinnteadh as a' chùbaid, no aig mòd, far am biodh òraidean air an toirt anns na làithean a dh' aom.

'Nuair a bha mi na m' ghiullan òg, chaidh mi còmhladh ri m' athair a dh' éisdeachd searmonaiche a bha air ùr thighinn a mach á Albainn, agus tha cuimhn' agam air na ceud fhacail a labhair e as a' chùbaid moran na 's fhearr na tha agam air an t-searmon, agus so iad: "Tha e feumail a bhi toirt fa near gu bheil an geamhradh air thighinn, agus gu bheil e iomchuidh na dorsan a chumail dùinte a chum agus gu 'n téid am fuachd a chumail am mach." Cha 'n 'eil cuimhne agamsa air facal de 'n t-searmon; ach, air leam nach cuala mi riamh fear labhairt bu toilicht' a bhi ga 'éisdeachd, leis cho gasda 'sa bha 'Ghàilig.

Ni eile tha soilleir ri fhaicinn mu fhear labhairt math Gàilig gu bheil e math 'sa Bheurla mar an ceudna. Dh' fhaodainn moran dhaoine ainmeachadh mar dhearbhadh air a so. C'ait an cluinnear fear labhairt Beurla a's fhearr na an t-Urr. A. Mac-Gilleathain Sinclair, a tha cho ainmeil a bhos is thall air-son feobhas a Ghàilig.

Bha mi bho cheann ghoirid a seanachas ri gosgaig de bhan-sgoilear, a bha ga 'cunntas fhein meadhonach <eng>smart,<gai> ach gu bochd cha robh smid aice ach Beurla, ged nach robh facal Beurla aig a seanamhair no idir aig a seanair. Bha mi 'feuchainn ri innseadh dhi cho feumail 'sa bhiodh e dhi Gàilig a thuigsinn 'sa labhairt, an àm a bhi feadh na dùthcha a cumail sgoile. Bha mi ag innseadh dhi pàirt de na seanfhacail Ghàilig a bhiodh iad a cleachdadh ann an Albainn bho sean. Dh' ainmaich mi fear no dha, agus am measg chàich, "Tro nam ban mu 'n sgarbh 's an sgarbh air an loch." Dh' fhaighneachd mi dhi am bu mhath leatha fios a bhi aice dé bu chiall da, agus 'se thuirt a' bhan-sgoilear rium, <eng>"I wouldn't be bothered with such insignificant language."<gai> Ged a chuir i beagan tàmailt orm cha do chuir mi uiread coire oirre 'sa chuir mi air a pàrantan a thog i, agus a' Bheurla gun a bhi tuilleadh is pailt aca féin.

Bheir mi a' chomhairle so air Gàidheil òga a tha 'togail teaghlaich (ged a bhiodh uiread aca 'sa bh'aig a' chaillich a bha fuireach 'sa bhròig): ionnsaichibh Gàilig dhaibh, bidh i feumail dhaibh ge b'e cearna dhe 'n t-saoghal am bi iad; biobh a gabhail MHIC-TALLA, ionnsaichibh a' chlann a' leughadh, agus cha 'n abair iad <eng>"insignificant language"<gai> rithe, ach an cànan is mìlse 's is brìghmoire air thalamh. Is mi do sheann charaid,

AN TUATHANACH RUADH.

Taobh na h-Aibhne Deas, Dec. 15, '03.

BARDACHD NA FEINNE.

DAN A' CHOIN DUIBH.

ROIMH-RADH.

THA Dun air oighreachd Sheumais Chaimbeil, Tighearna an Duin-mhoir, an Earraghaidheal, ris an canar Dun a' Choin duibh gus an latha 'n diugh. Tha e cosmhail gur iad cuideachd Fhinn a thog an Dun so far an deachaidh an Cu dubh a mharbhadh, mar a tha 'n eachdraidh timchioll an Duin so a' taisbeanadh; oir tha faiche aig dorus an Duin do 'n ainm Faiche na Ban-rìgh gus an latha 'n diugh. Agus tha 'n t-aite san robh an Dun freagarrach do thaobh mara 's tire, do laoich threuna a bhiodh a' dìon an rioghachd o an naimhdibh. Agus mar an ceudna, tha e freagarrach do dhaoine aig an robh tlachd ann an sealg agus anns gach cluich rioghail a bheireadh toil-inntinn daibh. Agus do thaobh na togail a tha air an Dun so, tha i 'na dearbhadh gu'n robh gaisgich na Feinne 'nan spionnadh cosmhail ris a' chliu a thug Oisian orra; oir tha clachan ann a chuireadh iongantais air neach sam bith an togail le daoine. Agus tha cinnt

againn nach robh innleachd air bith 'san àm sin ach spionnadh dhaoine.

Air bhith dhuinn latha 'sa bheinn-sheilg,
B' ainmic leinn a bhith gun choin,
Ag éisdeachd ri ceilear eun,
'S ri buirich fhiadh agus lon.

Rinn sinn àr ann gun cheilg,
Le 'r conaibh 's le 'r n-armaibh nimh,
Is tharruinn sinn d' ar teach tràth noin
Gu subhach, ceolmhor, le gean.

Moch-eirigh rinn flath nam fiann,
Seal mu 'n d' eirich grian air magh;
'S e chunnaic e air an leirg,
Fear earradh dheirg is choin duibh.

Thainig ugainn gu mor chràdh
An laoch grinn a bha mar sin:
Air 'urla cha laidheadh sgàth,
'G iarraidh air cach comhrag chon.

Bu ghile na gath grein' a shnuadh,
'S a dha ghruaidh air dhath nan suth;
Bu ghile na gach sneachd' a chorp,
Ged thachair dh' a fholt bhith dubh.

Leig sinn thuig' an tus a' bhlàir,
Gach greigh a b' fhearr bha 'nar taigh;
An cu dubh bu gharg 's a' ghreis,
Mharbhadh leis ar caogad cu.

Ann an sin do labhair Fionn,
'S i so an iorghuill nach beag:
Thionndaidh e chul ris an t-sluagh
'S thug buille le gruaim do Bhran.

Dh' amhairc aairsan Bran buadhach,
Is b' iognadh leis e 'g a bhualadh:
An lamh sin leis 'n do bhuaill mi Bran,
Is truagh o m' ghualainn nach do sgar.

An sin chrath Bran an t-slabhraidh oir,
'S am measg an t-sloigh bu chruaidh a sgal,
Las a dha shuil 'na cheann
Is dh' eirich greann air gu cath,

Buinibh an iall o m' chu gun dail:
Bu mhath a sta gus an diugh;
S gu 'm faiceamaid sgainneart ghlan,
Eadar Bran is an cu dubh.

Is math an cumadh bh' air mo chu:

Bha 'fhalt luthaidh fad o 'cheann;
Meadhain leathainn, leoghar cliabh,
Uilinn fhiar agus speir cham.

Casan buidhe bha air Bran,
Da thaobh dhubh agus tarr geal;
Druim uaine mu 'n suidheadh sealg,
Cluasan corrach cro-dhearg.

Leig iad na coin sron ri sroin,
'S am measg nan slògh gu 'n dhoirteadh fuil;
'S b'e sin an comhrag laidir, garg,
Mu'n d' fhagadh leis marbh an cù dubh.

Shaoil mi nach robh anns an Fheinn,
Deir Eubhann-Oisein o stolb nan con,
Aon chù air meud a threubhachd,
A bheireadh creuchd air Foir.

'S mur bhiodh gach seòl agus car
A bh' aig Bran, 's ro mheud a luith,
Cha robh cù mu 'n dùineadh iall,
A dh' fhàgadh Foir shiar mu 'n Dùn.

'S iomadh gruagach dheud-gheal òg,
Is binne glòir 's is deirge suil,
Tha chomhnuidh an tìr mhic Torc,
A bheireadh biadh an nochd do m' chù.

Thiodhlaic am fìor laoch fial,
An leabaidh chaoil chriadh a chù;
Is thiodhlaiceadh leis an Fhiann
'S an Dun ud shiar trì caogad cu,

Chaidh sinn le mac Cumhail nan còrn òir
A dh' iomairt 's a dh' òl do 'd Dun:
Rìgh, b' aoibhinn 's bu làn ar teach,
Ged nach 'eil neach dhiubh nochd 'san tur,

An oidhche sin dhuinn an taigh Fhinn,
Ochoin, bu ghrinn ann ar cor,
Air dhuinn a bhith 'cluich air ceòl,
'S ri caitheamh eun is fhiadh is lon.

PEARSANTA—Dh' fhalbh Iain Mac Amhlaidh, Eildear, Pt. Morien, air an t-seachduin so ghabhail cuairt do bhailtean nan Staidean far am bheil moran chàirdean aige. Bidh e air falbh mìos no sia seachduinean. Tha MAC-TALLA 'guidhe turus math is tilleadh fallain dha.

[Vol. 12. No. 13. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic
AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR
Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn
taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>

FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.

<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,

FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.

Airgead ri thoirt seachad an iasad.

UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>

An Stor-chungaidhean a's fhèrr a tha ann an Sidni.

Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>

BATHAR CRUAIDH.

Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,

DOTAIR FHIACAL.

OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>

URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>
CORPAICHTHE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
ann anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3%'sa bhliadhna.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c.; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

[Dealbh]
A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE
dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa
fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-
uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an
so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air
an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.
J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a
cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh'
iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.
M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.
<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

LITIR A LAG AN T-SLOCAIN.

FHIR A' PHAIPEIR,—Bliadhna Mhath Ur dhut fhéin agus do d' leughadairean lionmhor ann an “ceithir ranna ruadh' an t-saoghail.” Is e mo ghuidhe gu 'm bi a' bhliadhna a tha tòiseachadh ann am beagan làithean 'na bliadhna shona, shoirbheachail do na Gàidheil uile—gu h-àraidh an fheadhainn a tha 'leughadh MHIC-TALLA. Ged a tha a roinn fhéin de thrioblaidean na beatha so aig gach mac màthar a tha falbh an fheadh; gidheadh an uair a sheallas sinn air ais air a' bhliadhna 'dh' fhalbh, chi sinn gu 'n do shealbhaich sinn barrachd mór de làithean soilleir, grianach na de làithean dorcha.

B' fhearr leam na rud sam bith gu 'n robh mi an nochd air chéilidh ann an taigh Sheumais A. Mhic Gillemhaoil, an Gàidheal gasda a tha 'còmhnuidh ann an Eilean a' Phrionnsa. Is fhad o'n a chuir mi eòlas air a chuid litrichean. Ged is docha nach fhaic mise Seumas còir gu bràth, is e mo dhùrachd gu 'm faic e iomadh Nollaig is Bliadhna' Ur, agus gu'n sgrìobh e gu math tric gu MAC-TALLA, mar is math is aithne dha.

Tha M. Mac Laomuinn, á Quincy, Mass., ag iarraidh orm “Oran a' mhàgain” a chur gu MAC-TALLA. Feumaidh gur ann 'san dùthaich so a rinneadh an t-òran; oir, ma tha na chuala mise fìor, cha 'n 'eil màgan idir aca 'san t-seann dùthaich.

Tha e air innseadh gu 'n robh Gàidheal ann aon uair a ghabh droch dhaorach. Bha 'n t-sìde gu math blàth, agus chaidh e 'na shìneadh aig bruaich locha agus chaidil e. An uair a dhùisg e cìod a b' iongantach leis na cuideigin a chluinntinn, mar a shaoil e fhéin, a bruidhinn ris am mach as an loch agus ag ràdh, “Grig! grog! dram!” Bhuail e an inntinn a' Ghàidheil gur e creutair a bh' ann a bha ag iarraidh na searraig a bh' aige de mhac-na-braiche. A' sparradh a laimh 'na phòcaid gun tuilleadh dàlach thilg e'n t-searrag 'san loch ag ràdh, “So dhut e, a mhic an fhir ud!” aig a cheart àm 'ga thoirt fhéin as cho luath 'sa bha 'na chasan. Cha chuala mi co dhiubh a fhuair gus nach d' fhuair e am mach co 'bh' ann.

Chruinnich mi port no dha o'n a sgrìobh mi ugad mu dheireadh. Ma bha gus nach robh iad 'sa MHAC-TALLA roimhe cha 'n 'eil mi glé chinnteach. Cha 'n 'eil fhios agam có a rinn iad. Coltach ris na h-òrain a's fhearr a th' againn, cha 'n sgeul air na h-ùghdair aca. So agad, mata, a' cheud fhear. Tha e air a dheanamh mar gu 'm biodh sreath air a thoirt as gach port. Cha 'n 'eil agam ach bloigh dheth:

—

'S e mo leannan Rob-a-lìn,
Dìthein nan ceannaichean;
Mac an isein chlobhdaich;
Nighean donn 's a bhanarach;
A' Thearlaich 'nan tigeadh tu;
A' Mhaol tha mi ullamh dhiot,
O lughdaich mi 'n uiridh thu;
Chaidh mi 'null air Tullochgorm;
Dhiùlt am bodach fodar dhomh;
Briogais lachdann Dhonnachaidh ruaidh;

Biodag Dhomhuill 'ic Alasdair;
Biodag Dhomhuill 'ic Thòmais
Air Mór nion a' Ghiobarlain;
Far am biodh na féidh a' fuireach;
Seann triubhas Uilleachan.

Bheir mi dhut na puirt eile mar a leanas, agus faodaidh tu fhéin
striach a chur eatorra:—

Rìdhle nan coilich dhubha
'S dannsa nan tunnagan;
Rìdhle nan coilich dhubha
Air a' bhruthach shuas ud.
Ite rìomhach a' choilich
Ann an cìrein a' choilich,
Ite rìomhach a' choilich
Ann am boineid Thearlaich.

Suidhidh mi air cnocan biorach
'S teannaidh mi ri caoineadh,
Suidhidh mi air cnocan biorach
'S teannaidh mi ri caoineadh,
Suidhidh mi air cnocan biorach
'S teannaidh mi ri caoineadh
A chaora dhubh, 's a chaora ghlas
'S a chaora lachdann, chibhleach.

Am amadan, am amadan a bha mi riamh,
Far am bi na caileagan a ghabhas mi mo bhiadh;
Am amadan, am amadan a bha mi riamh,
A' mireadh ris na caileagan a chaill mi mo chiall.

A' Dhomhuill bhàin an ith thu rud,
A' Dhomhuill bhàin an ith thu rud;
A' Dhomhuill bhàin an òl thu càil,
Cha 'n 'eil buntàta bruich agam.

A toirt nan gabhar as a' chreag
'S e 'n t-fhéile-beag bu docha leam;
A toirt nan gobhar as a' chreag
'S e 'n t-fhéile-beag a b' fhearr leam.
An t-fhéile, an t-fhéile,
'S e 'n t-fhéile-beag bu docha leam;
An t-fhéile, an t-fhéile,
'S e 'n t-fhéile-beag a b' fhearr leam.

'Dhiùlt am bodach fodar dhomh,
Dhiùlt am bodach fodar dhomh;
Dhiùlt am bodach luideach, odhar,
Anns an t-sabhal fodar dhomh.

Féile-beag is sporan donn,
Cota goirid as a chionn;
Sid an rud a thogadh fonn,
Biodag Dhomhuill 'ic Alasdair.
Biodag Dhomhulll 'ic Alasdair
'Ga bhualadh ris na ballachan.

Calum crùbach as a' bheinn,
Bha e 'raoir ag iarraidh mnatha;
Calum crùbach as a' bheinn,
Am bliadhna 'bràth air pòsadh.

Calum crùbach as a' bheinn,
Cuir a nall na caoirich ugam;
Calum crùbach as a' bheinn,
Cuir a nall na caoirich.

Is fhad' o gheall Domhull Mathanach a Bogadh nam Fiadh litir a chur
gu MAC-TALLA. Is math a dh' fhaodas e deadh litir a chur ugad. Cha
b' urrainn dha a' bhliadhn' ùr a thòiseachadh na b' fhearr. Bha mi
am bliadhna 'san taigh aige-duine còir, gasda. Mar a tha 'n
seanfhacl ag ràdh: "Duin' a sheasadh an gràpa 'na dhùnan." An là a'
chi 's nach fhaic.

PEIGIDH PHABACH.
Lag an t-Slòcain.

RANN CALLUINNE.

LE MARTAINN CAMARAN, MARTAINN SHIM.

Thainig mis' a baile 'n lòn
An uair bu chòir dhomh fuireach ann.
Tha mi crùbach leis an lònidh,
'S cha dean ceòl mo chur a dhanns'.
Tha mi nis an Doch-an-fhasaidh
On a b' ait leam a bhith ann,
'S bhon chleachd Eimilidh bhith fialaidh
Bheir i dhòmhsa biadh is dram.

SEAMRAG.

ORAN.

LEIS AN LIGHICHE MAC LACHAINN, NACH MAIREANN.

'S trom, tiamhaidh mo chridhe ag imeachd troimh 'n ghleann,
Gun chòmhair, gun choinneamh, ged 's i 'n Nollaig a th' ann,
Le m' shùil air an fhàsach, 's na làraichean lom,

Far am faca mi 'n Gaidheal ri àbhachd le sunnd.

Cha 'n fhaic mi ann duine, ach cluinnidh mi 'n Gall
A' sgriachail r'a chuilein air a' mhullach ud thall,
Is chi mi na caoirich, 's muilt mhaola nach gann,
An àite nan curaidh, 's nan cruinneagan donn.

Cha chluinn mi 's cha'n fhaic mi na b'aithne dhomh uair,
Ach na cnocan 's na h-easan, 's na creagan ud shuas;
Bu chaomh leam an sealladh aon choileach air dùn,-
Ged a b' éigin domh 'bhreabadh, cha bu bheag orm an cù.

[TD 104]

[Vol. 12. No. 13. p. 8]

Ag ionndrainn nam feara, a' cheathairne chòir,
A bheireadh dhomh cuireadh le furan gun ghò;
Cha chluinn mi 's cha 'n fhaic mi na fleasgaichean òg,
'Dol cruinn air an achadh le 'n camain na'n dòrn.

'S iad a chuireadh an iomain 's a leanadh i teann,
Cho luath ri buic earba feadh gharbhlach nam beann,
A bhuaileadh na buillean gu curanta, cruaidh,
A' còmhstri ri 'chéile gun bhréine, gun ghruaim.

'N uair a sgaoileadh an comunn an deighinn tra-nòin,
'S a shuidheadh gach buidheann gu subhach mu 'n bhòrd,
Bhiodh seanair an taighe, na mnathan 's a' chlann,
A' còmhradh ri chéile, gun éislean, gun ghreann.

Am sonruicht' de 'n oidhche 'n uair rachadh iad cruinn,
Bu shunndach 's bu chridheil an fhidheall a' seinn;
Na gruagaichean teisteil, 's na fleasgaichean treun,
A' dannsadh gu h-innealt, 's ri mireag gun bheud.

Greis roimh dheireadh na h-oidhche 'nuair a sguireadh a' chuirm,
'S a shuidheadh an còmhlann gu stòld' air na fuirm,
Gu 'm b' éibhinn 'bhi 'g éisdeachd nan éideagan grinn,
'Togail nan luinneag cho milis 's cho binn.

Tha mise 'n so 'm ònrachd ag imeachd troimh 'n ghleann,
Mo shùil air an fhàsach le làraichean lom,
B'e 'n t-ioghnadh na'n cinneadh mo chridhe cho fuar,
'S nach tigeadh a' mhuinntir am chuimhne 'san uair.

AN IARRAIDH DHIOMHAIN.

LE MAIRI NIC-EALAIR.

Fonn:—<eng>“Flow gently sweet Afton.”<gai>

O c'ait a bheil fois, agus c'ait a bheil tàmh?
O c'ait a bheil fois, agus c'ait a bheil tàmh?
O c'ait a bheil iocshlaint do chridhe fo phràmh?
No c'ait a bheil suaimhneas o naimhdean 's o chràdh?

Mar thonnann na fairge a bualadh gu dlùth,
'S ri nuallan is monmhur mu oirean nan stùc,
Tha luasgan is gluasad 'san t-saoghal mu'n cuairt,
'S gach ni cho beag socair ri broilleach nan stuadh.

Chuir mi flùr, 's rinn e fàs ann an gàrradh ri deas,
'S nuair shaoil mi e cùbhraidh le drùchd agus teas,
'S ann thainig gaoth reor', 's air mo ròs thàinig bàs,
'S bha dhuilleagan caoin' a dol aog air a bhàrr.

Thug mi ian as a choill 'dheanamh seinn domh gu binn,
'S nuair shaoil mi bhith 'g eisdeachd a cheileiridh ghrinn,
'S ann shuidh e air géig, 's e gu h-éisleineach, trom,
Gu marbh-shuileach, tùrsach, 's e tùchte gun phong.

Thug mi suil anns a ghleann airson fois agus tàimh
Ri latha geal samhraidh 's a ghrìan anns an àird';
' mu 'n deach i 'san iar, gu 'n robh 'n iarmailt fo ghruaim,
Is beithir 's beum-sléibhe a reubadh nam bruach.

Dh' iarr mise gu fois agus dh' iarr mi gu sìth,
Is dh' iarr mi gu teicheadh o chogadh 's o strì;
'S nuair shaoil mi gu 'n d' fhuair mi gu cala nam buadh,
'S ann bha mi gu h-ànrach air taisdeal nan stuadh.

Och, dh' iarr mi gu fois, is gun fhois air an t-saogh'l,
Is leag mi mo cheann air geal-bhroilleach mo ghaoil;
'S bha 'chluasag ud làn de chaoin-dhuilleach nan ròs,
Ach, ochan! nam measg gu 'n robh dris mar bu nòs.

O, ciamar bhiodh fois ann an àraich nan tuagh,
'S gur cruaidh bhios an cogadh mu 'n coisinn sinn buaidh;
Bidh leagadh, is leonadh, is dòbheirt 'san strì;
'S ged 's truagh e, gur diomhain bhith 'g iarruidh na sìth'.

Nuair choisneas sinn buaidh mar is dual do gach sonn,
Air a gheal-ghainnimh airgid 'tha thall thar nan tonn,
Gheibh sinn àgh a bhios buan thar gach uamhunn is strì,
'S bidh sinn crùnte le gaol an taigh aobhach na sìth'.

Rinneadh an t-oran bòidheach so le Mairi Nic-Ealair, bana-bhàrd
Chlann Chamaroìn.

Iadsan a Phaigh.

Mairi Nic-Pheitiris, <eng>Grand River<gai>
Pàdraig Mac Neill, Tuairnear, <eng>Piper's Cove<gai>
Aonghas D Beutan, <eng>Mabou Coal Mines<gai>

Domhnull I Mac Neill, Cùl Iona
Alasdair Dick, Sidni
Aonghas I Mac Neill, <eng>Gillis Point<gai>
A W Mac Dhùghaill, Eilean Christmas
Mairi Nic Aonghais, <eng>Mineral Rock<gai>
Iain F Domhnullach, <eng>Dominion No. 1<gai>
Mìcheal D Caimbeul, <eng>Boisdale Chapel<gai>
Bean Iain Bheutan. <eng>Leitches' Creek<gai>
I I Johnston, <eng>Glenville<gai>
A I Domhnullach, <eng>Big Glen<gai>
Gilleasbuig Mac Fhearghais, <eng>M. B. Road<gai>
Eoghain Mac-a-Bhiocair, <eng>Big Glen<gai>
Steaphain N Mac Fhionghain, Shunacadie
B Mac Neill, Taobh na h-Aibhne Deas, N S
Beitidh Nic Neachdain, Taobh na h-Aibhne Deas, N S
Ailein Domhuullach, <eng>St. Andrew's, N S<gai>
Bean Iain Mherlin, <eng>Springhill, N S<gai>
Aonghas D Mac Iosaig, <eng>Lakedale, N S<gai>
Uilleam D Camaran, <eng>Heatherton, N S<gai>
Euphemia C Rothach, <eng>Lorne Valley, P E I<gai>
Murchadh Mac Leoid, <eng>Brookside, Assa<gai>
Domhnull Dùghallach, <eng>Verna, Assa<gai>
Murchada Mac Gillinnein, <eng>Lochailis, Ont<gai>
Iain Mac Fhearghais, <eng>Port Arthur, Ont<gai>
Iain Mac Gillfhaolain, <eng>Gagetown, Mich<gai>
Domhnull D Camaran, <eng>San Francisco<gai>
M D Mac Neacail, <eng>Graniteville, Vt.<gai>
Seumas Siosal, <eng>West Newton, Mass
E C Quiggin, Cambridge, Eng<gai>
Aonghas Domhnullach, Cairinis, Alba
Theodore Napier, Dunéidionn, Alba

Tha e glé nàdarra do'n duine bhi fialaidh mu chuid dhaoin' eile. Bha fear aig an robh barail gu'm bu chòir saibhreas an t-saoghail a bhi air a roinn na's fhearr na tha e, a' cur an géill a chreud do aon de 'choimhearsnach. "Na'm biodh da each agad," ars' a choimhearsnach ris, "an toireadh tu fear dhiu dhòmhsa?" "Bheireadh, gu dearbh," ars' am fear fialaidh. "Agus na'm biodh da mhart agad, an toireadh tu dhomh té dhiù." "'S mise dheanadh sin, gu toileach," ars' esan. "Agus na'm biodh da mhuc agad, bheireadh tu dhomh té dhiu?" "Gu dearbh, 's mi nach toireadh," ars' am fear a bha cho fialaidh mu'n spréidh nach robh aige; "tha'n da mhuc a th' agamsa beag gu leòr dhomh fhin."

<eng>The Canadian Bank of Commerce<gai>
RIS AM BHEIL AIR AONADH
<eng>THE HALIFAX BANKING COMPANY.<gai>

Earras Paidhte \$8,700,000
Airgid Taimh 3,000,000

ARD OFIS, TORONTO.

AN T-ONORACH DEORSA A. COX,
Ceann-Suidhe.

<eng>B. E. WALKER,<gai>
Ard Mhanager.

Ofis an LUNNAINN (Sasunn) aig 60 <eng>Lombard St., E. C.
S. CAMERON ALEXANDER, Manager<gai>

Ofis an NEW YORK aig 16 <eng>Exchange Place,
WM. GRAY agus H. B. WALKER, Agents.<gai>

Tha ceud is ceithir meur dhe'n Bhanca so air feadh Chanada is nan
Staidean Aonaichte, am measg am bheil an àireamh a leanas anns na
Roinnean Iochdrach.

<eng>HALIFAX, H. N. Wallace, Manager.
Amherst Antigonish Barrington
Bridgewater Canning Lockeport
Lunenburg Middleton New Glasgow
Parrsboro Sackville St. John
Shelburne Springhill Sydney
Truro Windsor<gai>

Gach seorsa gnothuch banca.
Ceannaichear is reicear airgid is notaichean Breatunnach.
Gheibhear Litrichean Creideas de 'm faodar feum a dheanamh ann an
cearna sam bith dhe 'n t-saoghal.

BANCA CAOMHNAIDH.
Tha Banca Caomhnaidh a nise fosgailt aig gach meur dhe 'n bhanca.
Gabhar suim sam bith air riadh, eadhon suim cho beag ri aon dolar.

Meur ann an Sidni.
<eng>P. C. STEVENSON, Manager.<gai>

ANNS AN STOR UR
LE STOC MOR DE DH
Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula
ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE
air Sraid Shearlot.
<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

[Dealbh]

Bidh fìor chomhfhurtachd agad 'nad dhachaidh nuair a bhios gach
airneis us grinneas air a thaghadh le rian agus tuigse. Agus 's e 'n
ceud ni is coir aire fhaotainn am brat-ùrlair a theid air na
seomraichean. Gheibh thu againne
Brat-ùrlair is Airneis
dhe na seorsachan a's fhearr, agus gach ni eile air an cuir thu feum

air son breaghachd do thaighe.

Cuir a dh' iarraidh Leabhraim anns am bheil gach ni a tha sinn a creic air ainmeachadh. Paighidh sinn faradh do chearna sam bith de Cheap Breatunn.

<eng>Gordon & Keith, A. T. GRANT, Manager.

Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

Mac-Talla.

Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.

Bliadhna, \$1.00

Tri Miosan, .30

Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd-gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu

<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 105]

[Vol. 12. No. 14. p. 1]

MAC-TALLA.

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, IANUARIDH 8, 1904. No. 14.

Thuir an t-Onarach Deòrsa E. Foster 's e labhairt aig coinneamh stuaimhe ann an Toronto o chionn ghoirid: "Feuch dhomh aon ghinealach de mhuinntir a tha tur-sheachnadh an òil, agus bheir mi dhuibh cìsean moran na 's lugha na tha agaibh aig an àm so, cuide ris an t-soirbheachadh a's mò a chunnacas riamh ann an Canada." Tha sinn a' creidsinn gu bheil so cho fìor ris an t-soisgeul; ach tha eagal oirnn nach faigh Mr. Foster no fear-stàite eile an cothrom a tha e 'g ainmeachadh an da latha so. Tha muinntir Chanada ged is iad, ri 'n gabhail thar a cheile, sluagh as stuaimhe tha air an t-saoghal, a' fas na's truime air an òl gach bliadhna. Dh' òl iad air a bhliadhna 'n uiridh, a bharrachd air beòir, glé fhaisg air coig muillion galan de stuth làidir, còir is muillion galan a bharrachd air na dh' òl iad air a bhòn-uiridh. Cha'n eil teagamh nach robh roinn dhe'n òl sin air aobharachadh le soirbheachadh na bliadhna. Bha cosnadh furasd' fhaotainn air deagh thuarasdail, agus mar is aithne dhuinn uile tha àireamh nach beag ullamh gu beagan no moran òil a dheanamh a reir an cosnaidh. Cha'n eil e na aobhar uaille dhuinn idir uiread òil a bhi' dol air adhart na 'r measg; agus bu chòir dha bhi dol na bu lugha gach bliadhna an àite bhi dol na bu mhotha. Is e dleasan gach aon aig am bheil gràdh da dhuthaich feuchainn le chomhairle 's le chleachdadh ri àireamh nan tur-sheachnaichean a mheudachadh, oir cha mhair soirbheachadh an duine no an t-sluaigh a bhios trom air an òl.

A reir fhiosan a tha tighinn thar a chuain, tha e ro choltach gu'm bi cogadh eadar Ruisia is Iapan. Tha iad a bagairt cogaidh air a cheile o chionn treis a dh' ùine, ach bha dòchas gu'n rachadh aca air tighinn gu còrdadh sìtheil. Tha e coltach co-dhiu nach eil an còrdadh sin furasda dheanamh. Tha Ruisia ro-dheidheil air greim fhaotainn air Sina 's air Corea, agus tha i a lion beagan is beagan ag obrachadh a cuid armailtean g' an ionnsaidh. Tha Iapan a faicinn sin agus a tuigsinn ma theid a cheadachadh nach bi an ùine fada gus an toirear ionnsaidh oirre fein. Cha 'n eil i deònach leigeil le cuisean a dhol mar sin, ma 's urrainn dh' ise bhacadh, agus is fhèrr leatha feuchainn ris tràth na fuireach gus am bi e tuilleadh is anmoch. Tha a sluagh anabarrach beothail, adhartach, agus cha 'n eil toil aca an t-àite ghabh an dùthaich o chionn bheagan bhliadhnachan anns an aird an ear a thoirt suas do Ruisia no do dhùthaich Èorpach eile. Is dùthaich òg Iapan am measg dhùthchannan an t-saoghail; ged a tha i a thaobh bhliadhnachan na 'fìor sheann dùthaich, cha 'n eil an ùine gle fhada o'n dhùisg i a clò-chadal nan linntean anns am bheil Sina agus na rioghachdan eile tha timchioll oirre na'n laidhe fhathast. Ach o'n dhùisg i tha i gach bliadhna 'gabhail neart, agus tha i cheana fad air thoiseach air cuid de na rioghachdan Èorpach. Ach ma gheibh Ruisia an làmh an uachdar air na dùthchannan a's faisge oirre, cha'n eil an t-am fad as anns an toir i Iapan fo chis cuideachd. Cha'n eil e mar sin na iognadh sam bith Iapan a bhi deonach a a dhol a chogadh a roghainn air aontachadh ri uachdaranachd Ruisia a bhi air a neartachadh na coimhearsnachd. Faodaidh aon ni an da chumhachd so a chumail o chogadh, 's e sin cion an airgid. Bha Ruisia o chion ghoirid ag iarraidh iasaid anns

an Fhraing, agus Iapan ann am Breatunn; dh' fhairtlich orra le chéile, oir cha 'n eil luchd an earrais deònach an cuid airgid a thoirt seachad a chur air adhart cogaidh a ni call mor do mhalairt an t-saoghail. Ma mhaireas iad sin dhe'n bharaill sin faodaidh e tachairt gu'm bi an t-sith air a gleidheadh; aig an àm so cha'n eil moran dòchas gu 'm bi i air a gleidheadh' air-son aobhar sam bith eile.

Ann an Renfrew Tuath an Ontario bha taghadh aca air-son pàrlamaid na roinne air an t-siathamh la fichead de'n mhios s'a chaidh. Aig an taghadh roimhe sin bha <eng>liberal<gai> air a chur a stigh le ceithir cheud gu leith bhòt a bharrachd air an fhear a ruith na aghaidh. Bha an t-siorrachd air an turus so gun fhear-pàrlamaid dluth air da bhliadhna, agus bhatar a' coireachadh an Rosaich gu mor air-son a bhi ga 'cumail mar sin cho fada. Air latha 'n taghaidh bha an <eng>conservative<gai> air a chur a stigh le còrr is coig ceud bhot a bharrachd. Tha an tigh ri suidhe air Dior-daoin s'a tighinn. Cha'n eil taobh an riaghlaidh ach a dithis no triuir na's treasa na an taobh a tha na aghaidh, agus faodaidh e tachairt nach teid moran gnothuich a dheanamh. Cha'n eil taghaidhean nam pàrlamaidean, àrd is iosal, fad air falbh, agus tha'n da thaobh air bhoil air-son gach cothrom is urrainn dhaibh fhaotainn a ghabhail.

Tha'n riaghailt a tha Chamberlain deònach a dheanamh air-son cothrom a thoirt do na <eng>colonies<gai> ann an margaidhean Bhreatainn nach bi aig dùthchannan eile mar a leanas: Air cruithneachd a thigeadh á dùthchannan céin chuireadh e cìs da thasdan air gach tomhas ochd buiseil; cruithneachd a thigeadh as na <eng>colonies<gai> leigeadh e stigh saor. Chuireadh e cìs choig sentichean air gach luach dolair de dh' fheadil, de chaise 's de dh' ìm a thigeadh á duthchannan céin, agus leigeadh e stigh feòil, càise 's ìm as nan <eng>colonies<gai> saor. Bhiodh sin gun teagamh na mheadhon air pris nan nithean sin àrdeachadh ann am Breatunn, ach airson an call sin a dheanamh suas bheireadh e a chis gu buileach bhar ti, cofi is coco. Le sin a dheanamh tha e 'meas gu'm biodh cosdas gach teaghlaich air a lughdachadh mu choig sentichean 'san t-seachduin. Ma theid aige air toirt air muinntir a dhùthcha sin a chreidsinn, cha'n eil teagamh nach toir e buaidh. Tha meas mor aig sluagh nan eileinean Breatunnach air na <eng>colonies,<gai> agus tha iad deònach gabhail le riaghailt reusonta sam bith a theannaicheas am bann a tha ga 'n ceangal ris an duthaich mhàithreil. Ach cha'n eil iad deònach an aran làitheil fein a dhaoradh, 's cha chuirear coire orra air-son sin, oir cha'n eil còir sam bith aig muinntir nan <eng>colonies<gai> a bhi deanamh beirteis air chosdas muinntir na duthcha màithreil.

Thainig a' bhliadhn' ùr a stigh le aon de na laithean bu bhriagha chunnacas air a gheamhradh so. Bha de shneachd air an làr na dheanadh deagh ròidean 's cha robh an còrr. Bha an t-sìde blàth, soilleir, agus chaidh an cothrom sin a ghabhail oirre; bha na sleigheachan air an t-siubhal, air dùthaich 's am baile, o mhoch gu dubh. Na 'm biodh na h-uile la de 'n bhliadhna so cho briagha a reir

'aimsir fein 's a bha a cheud latha, bhiodh againn bliadhna bhiodh ainmeil ann an eachdraidh ar dùthcha. Ach ma dhùisg la na bliadhn' ùire ann an cridheachan dhaoine dòchas dhe 'n t-seòrsa sin, cha b' fhada gus an d' fhuair iad aobhar air an dòchas sin a leigeil air chùl. Maduinn Di-dòmhnach thòisich an cur 's an cathadh bu mhiosa bh' againn 'sa chearna so o chionn bhliadhnachan. Mhair an stoirm fad an latha 's gu maduinn Di-luain. Thuit còrr is da throidh de shneachda air a' chòmhnard, ach cha 'n eil na h-àiteachan air 'n do thuit e còmhnard ach ainneamh. Tha e na 'chuitheachan móra air na ròidean, agus cuiridh e maille mhór air siubhal gus am faighear am bristeadh ceart. Tha leith shean-fhacal ag radh nach gabh an geamhradh cumail bho Cheap Breatunn. Ma bha sinn a' cur an teagamh bu lugha ann am fìrinn an fhacail sin roimhe so, is cinnteach an ni nach cuir sinn teagamh sam bith ann air a bhliadhna so tuilleadh.

Thachair sgiorradh uamhasach ann an Chicago air an deicheamh la fichead de 'n mhios a chaidh. Bha eadar coig ceud gu leith is sia ceud pearsa air am marbhadh no air an losgadh gu bàs ann an tigh-cluich. Thatar a meas gu robh mu thri ceud deug anns an tigh 's an cluich a' dol air adhart nuair a bhris an teine mach. Thòisich e cho grad agus sgaoil e le leithd de luaths 's gu 'n deach an sluagh gu h-iomlan air bhoil. Dh' eirich iad uile cearta còmhla, agus bhrùchd iad dh' ionnsaidh nan dorsan air dhòigh 's gu 'n do theannaich iad annta, agus bha iad an sin air am prannadh 's air am mùchadh gu bas na 'n ceudan. Na 'm biodh iad air tòiseachadh ri dhol a mach gu riaghailteach, thatar ag radh nach robh cron sam bith air a dheanamh, gu robh iad uile air faighinn as gun dochann; faodaidh gu bheil sin fìor, ach 'se 's docha nach eil; bhiodh e gle iongantach sluagh cho mor a dh' fhaighinn sàbhailte á togalach a bha na theine. Bha moran dhiusan a fhuair bàs air an losgadh anns na h-àiteachan-suidhe 'san robh iad ag amharc air a chluich; thainig an teine orra cho grad 's nach d' fhuair iad cothrom carachachadh. Bha 'n tigh-cluich so air a mheas mar aon cho sàbhailte 's a bh' air an t-saoghal, ach cha robh e buileach crìoch-

[TD 106]

[Vol. 12. No. 14. p. 2]

naichte, agus bha slighean-teichidh a's àbhaist a bhi air tighean dhe sheòrsa gun chur air. Mur bhiodh sin dh' fhaodadh iomadh beatha bhi air a sàbhaladh a chaidh a chall.

Chaidh seana bhean d' am b' ainm Carty a losgadh gu bàs ann an <eng>Digby, N. S., <gai> Di-sathuirne s'a chaidh. Bha i 'g obair timchioll an teine agus ghabh a cuid aodaich. Bha i na h-aonar aig an àm, agus nuair a thainig a fear-pòsda, a bha air a dhol a mach beagan mhionaidean roimhe sin, fhuair e i na laidhe marbh air an urlar.

Bha fear Cashel fo bhinn bàis air son murt air a chumail am prìosan an <eng>Calgary, N. W. T. <gai> Beagan làithean mu'n robh e ri bhi

air a chrochadh, fhuair e teicheadh, agus cha d' fhuair e sgeul air bhuaite sin ged chaidh gach dicholl a dheanamh leis na maoir. Tha duais mìle dolair air a tairgsinn do neach sam bith a gheibh a mach àite-falaich 'sa ghlacas e.

Thachair sgiorrachd muladach ann am <eng>Parrsboro, N. S., <gai> air la Nollaig. Bha dithis ghillean le fear Beverly Robinson a sceatadh air loch a bha faisg air an tigh aige, nuair a bhris an deigh fopa. Chaidh fear dhiu fodha air ball, agus cha d' thainig e 'n uachdar; ghreimich am fear eile ris an deigh, agus air dha 'athair fhaicinn, chaidh e dh' fheuchainn ri shàbhaladh. Ach dh' fhairtlich air sin a dheanamh, agus bha'n t-athair air a bhàthadh cuide ri 'dhithis mhac.

A reir lagh a chaidh a dheanamh leis an àrd-phàrlamaid an uiridh, tha aig gach Sineach a thig do Chanada o so a mach ri cìs coig ceud dolair a phaidheadh. Dh' aobharaich sin àireamh mhor dhiu a thighinn roimh'n bhliadhn' uir. Thainig mu thri ceud dhiu an October, tri ceud eile an Nobhember, agus mu mhìle ann an Desember. Cha'n eil teagamh nach bi a' chis na meadhon air moran dhiu a chumail na'n duthaich fein an deigh so. Is fear ainneamh a bhios comasach air coig ceud dolair a phàidheadh.

Tha Graham Friseil a nise air cheann cuideachd an iaruin. Ghabh e 'àite mar sin air an dara la de'n bhliadhna. Tha riaghladh na h-obrach fo 'laimh gu buileach, agus tha dòchas aig daoine gu'm bi cuisean a' dol gu math am feobhas air taille a shaothair. Tha iad a' cur earbsa ann a chionn gu'n do dhearbhadh e a chomasan anns an obair cheudna roimhe so. B'e a chuir air chois an obair-iaruin a tha dol air adhart faisg air <eng>New Glasgow<gai> o chionn àireamh bhliadhnachan, agus de'n bheil meur a nise ag obair aig a Mheinn a Tuath. Dh' obraich e-fein suas o'n innein, agus mar sin tha eòlas aig air obrachadh iaruin nach robh aig aon dhiusan a bha air cheann na cuideachd roimhe.

Tha a bhliadhna naodn ceud deug 's a ceithir na bliadhna leum, agus thug Sidni, a' cheud latha dhith, cruinn leum o bhi na bhaile gu bhi na bhaile-mor no na chathair. Gu ruige so cha'n eil atharrachadh mor sam bith ri fhaicinn ann-tha gach ni fhathast mar bha roimhe-ach cha'n eil teagamh nach faicear atharraichean feumail mar bhios an uine dol seachad. Tha sinn gun amharus uailleil mu'n chathair uir, ach tha sinn an dòchas gu'n cum sinn an uair aig rian agus nach bi sinn ag amharc sìos air bailtean eile a chaidh fhàgail na'r déigh. Ach thugadh muinntir bhailtean eile an ceart aire gach uair a ni iad luaidh air Sidni gu'n abair iad <eng>city<gai> ris anns a Bheurla, agus "cathair" no "baile-mor" anns a Ghàilig. Cha'n eil àm dhe bheatha a's deidheile neach air "duine" ràdh ris na dìreach an deigh dha sgar a bhi na ghille; agus cha'n eil baile air atharrachadh dòigh; oir ciod a th' ann am baile no 'm baile-mor ach cruinneachadh mor de dhaoine tha deanamh an dachaidh ann. Bliadhna no dha an déigh so, faodaidh e bhi sàbhailte gu leòr do mhuinntir nach buin do Shidni mearachd a dheanamh a thaobh 'ainme, ach aig a cheart àm so ma chluinnear a bhi ga ainmeachadh an dòigh sam bith ach 'san dòigh cheart gabhadh iadsan a tha chomhnuidh am baile-mor iaruin na h-àirde 'n ear gu dona 'san t-sròin e.

Tha fear no dha de dhaoin' òga mhuinntir Cheap Breatuinn a cosnadh ainm dhaibh fein mar bhocsairean. B' fhearr le Ceap Breatunn iad a bhi cosnadh ainme air dòigh bu chliuitiche. Tha ceaird a bhocsair na ceaird shuarach air nach eil meas aig an t-sluagh a's fhearr an àite sam bith.

Thatar a meas gu robh duin' air fhichead air am marbhadh le sgiorradh ann an Sidni an uiridh. Chaill a mhor chuid dhiu am beatha timchioll na h-obair-iaruinn. Air a bhòn-uiridh bha dithis air fhichead air am marbhadh 'san aon dòigh. Bitheamaid an dòchas gu'm bi 'n àireamh a theid a mharbhadh le sgiorraidhean am bliadhna gle bheag.

Tri bliadhna 'n ama so cha robh de chloinn a frithealadh sgoilean Shidni ach beagan a bharrachd air naodh ceud. Am bliadhna tha mu dha mhile 's da cheud a faotainn teagaisg o sheachd deug air fhichead maighstir is bana-mhaighstir-sgoile. Agus cha'n eil gu leòr sgoilean ann fhathast; tha cearnan dhe'n bhaile anns am feumar sgoilean ura fhosgladh air an earrach so.

Bha reothadh mor ann toiseach na seachduin so; bha an inneal-thomhais cho iosal ri 10° no 12° fo sero. An iar oirnn bha 'n reothadh gu math na bu mhotha na bha e 'n so. Ann a <eng>Woodstock, N. B., <gai> bha e 44° fo sero. Ach cha'n eil iad ga 'fhaireachadh cho fìor fhuar air tàille an t-sìde bhi féathail. Na'n tigeadh reothadh cho mor ri sud cuide ri gaoith làidir mar bhios gu tric a séideadh againne so, 's gann gu'm fàgadh e duine beò a dh' innseadh sgeul air.

Deireadh a mhios s'a chaidh thachair sgiorradh air rathad-iaruinn ann am Michigan. Bha stoirm mhor ann agus chaidh comharradh soluis a bha gu trein àraidh a chumail air ais a chur as. Lean i roimpe agus choinnich i trein eile. Bhuail iad na cheile 's bha da dhuin' air fhichead air am marbhadh agus naodh air fhichead air an leòn. Diluain s'a chaidh thachair sgiorradh dhe'n t-seòrsa cheudna ann a Willard, an Kansas, leis an deachaidh àireamh de luchd-turuis a mharbhadh. Tha call beatha uamhasach air a dheanamh le sgiorraidhean mar so na h-uile bliadhna.

LITIR A ALBA.

FHIR MO CHRIDHE,—Tha greis mhath o'n a sgrìobh mi an litir mu dheireadh ugad. Agus feumaidh mi aideachadh gu 'm faodainn cothrom iomadh uair fhaotainn air sgrìobagan a chur ugad, ged nach d' rinn mi e. Mar a thuigeas mòran dhe do chàirdean air feadh an t-saoghail, an uair a bhios daoine 'fàs sean bidh iad a' fàs dichuimhneach. Agus ma thachras gu 'm bi seann daoine air an oibreachadh gu cruaidh, goirt, is ainneamh leotha, eadhoin ged a bhiodh iad gle mhath gn sgrìobhadh a bhith toileach suidhe aig bòrd a sgrìobhadh litreach. Ach chuir mise romham nach leiginn seachad an t-seachdain so gun oidhirp a thoirt air beagan fhacal a chur an altaibh a chéile.

Tha mi tuigsinn o na tha mi 'leughadh anns a' MHAC-TALLA gur math leis na tha beò fhathast dhe na seann daoine a dh' fhalbh á Alba, fios fhaotainn an dràsta 's a' rithist mu dheidhinn mar a tha gnothaichean a' dol air an aghart anns an t-seann dùthaich. Tha e soilleir dhomhsa, o na bha mi 'leughadh, gu 'm bheil taobh-ghabhail aig Gaidheil Chanada, agus aig a h-uile Gaidheal a th' ann an "Ceithir Ranna Ruadh' an t-Saoghail," ris an dùthaich anns an do rugadh 's an do thogadh na daoine o'n d' thainig iad. Agus air do 'n chùis a bhith mar so, tha mi 'smaointean nach bu mhisde leotha am barrachd fiosrachaidh fhaighinn mu dheidhinn iomadh rud a tha 'tachairt anns an t-seann dùthaich.

Mu 'n ruig an litir so thu, bidh a' bhliadhna air a dhol as an t-sealladh, agus bidh toiseach na bliadhna 'ùire air tighinn.

A nis, a charaid, is e àm gu smaointean a tha ann an toiseach agus an deireadh bliadhna. Agus mar a thuigeas gach seann duine a tha 'n diugh a' dol fo 'smaointean mar bu choir dha, thig na bliadhnachan a dh' fhalbh gu aire sheann daoine mar a tha mise gun iarraidh gun sireadh.

Tha mise ann an so an diugh ann an tomhas math slàinte ged a tha "mo cheann air liathadh, agus mo chiabhagan air tannachadh." Ach c'aite am bheil na seann daoine air an robh mi eòlach ann an làithean m' òige? Ach c'aite am bheil na daoine òga a bha anns an sgoil còmhlaidh rium an uair a bha mi òg?

A thaobh nan seann daoine, ged a bhios sinn 'g an caoidh, chaidh iad as an t-sealladh a réir cùrsa nàdair. Ach a thaobh nan companach a bh' agam o chionn corr is leith-cheud bliadhna, cha mhór a tha 'n làthair dhiubh an diugh.

Tha iomadh bliadhna o'n a dh' fhalbh mi as an àite 's an d' rugadh mi. Agus an corr uair a theid mi an rathad, cha bhi sunnd no gean orm an uair a chi mi nach 'eil na seann daoine còire, ceanalta air an robh mi aon uair eòlach na 's mò ri 'm faicinn.

Mar a thuirt am bàrd:-

"C' àit' a nis bheil an triall?
Chaidh iad seachad mar niall,
Ged tha 'n talamh 's a' ghrian
A' maireachdainn."

Cha 'n 'eil agadsa agus agamsa, a charaid, ach ar dichìoll a dheanamh air gach obair a fhuair ar lamh ri dheanamh, a dheanamh le ar n-uile dhichìoll. Tha crìoch ar n-ùine an so a bhos air a suidheachadh, agus cha 'n fhada gus an gairmear gu cunntais sinn uile.

O'n a thainig cuimhne ugam, is iomadh uair a sheas mi aig bruaich na h-uaghach, agus a shil mi deòir a' cho-fhaireachadh maille riuthasan aig an robh an cridhe air an lotadh gu goirt leis a' bhàs. Ach dh' imich mi air falbh o'n uaigh, mar a rinn gu leòr a bharrachd orm,

agus dhichuimhnich mi ciod a' ghnè dhuine a bha annam. A nis, a charaid,

“Ged tha 'n smuaintean so trom,
Cha d' fhàg i sinne gun bhonn,
Air an gramaich an long,
'S cha charaich i.”

Aig deireadh na bliadhna, is e ar dleasdanas gu léir sealltainn romhainn 's 'nar déigh, agus gliocas fhoghlum o na chunnaic, na chuala, 's na thachair dhuinn. Ann am beagan bhliadhnachan, ma dh' fhaoiteadh, ann am beagan sheachdainean, no ann am beagan làithean, siubhlaidh sinn air an t-slighe thar nach till sinn.

Their iomadh neach nach fheairrde sinn dad a bhith 'g àrach smaointeanan dhe 'n t-seòrsa so; ach iadsan uile a tha glic, bidh iad a' smaointean air na tha aca ri choinneachadh araon anns an t-saoghal so, agus anns an ath shaoghal.

Tha cor dhaoine an diugh, ann an iomadh dòigh, mòran na 's fhearr na bha cor dhaoine an uair a bha mise 'nam “Dhonnachadh òg.” Tha taighean dhaoine na 's fhearr, tha 'm biadh na 's grinne-cha 'n abair mi gu 'm bheil e dad na 's fhallainne, no gu 'm bheil e eadhoin cho fallainn 's a bha 'm biadh a bh' aig daoine ri mo cheud chuimhne-sa.

Tha am barrachd saorsa aig daoine fo lagh na rioghachd. Ged nach 'eil na laghannan cho math 's bu mhath leinn, tha iad mòran na 's fhearr na bha iad ann an làithean m' òige. Ach tha aobhar eagail nach 'eil daoine dad na 's fhearr na bha iad. Tha iad air fàs tuilleadh is Gallda ann an iomadh dòigh. Ged a fhreagras fasan nan Gall air na Gaill, cha fhreagair e cho math air na Gàidheil. Mar a thuirt an seanfhacal: “Cha tig an còta glas cho math do na h-uile fear.”

[TD 107]

[Vol. 12. No. 14. p. 3]

Is e mo bharaill fhin air cùisean-ach faodaidh mi bhith meallta 'nam bharaill-gur còir dhuinn iomadh rud fhoghlum o na Gaill, ach aig a' cheart àm nach còir dhuinn dubh-chùl a chur ris na nithean Gàidhealach sin a tha measail, cliùiteach, ceart, agus cothromach.

Tha na Gaill fhein an diugh toileach a bhith foghlum iomadh rud o na Gàidheil. Tha mi 'n déigh eòlas a chur air iomadh aon dhe na Gaill, agus thuig mi gu 'm bheil ioghnadh mòr orra a chionn na Gàidheil a bhith cho mi-mheasail air a' Ghàilig.

Is gann gu 'n tachair ministear Gàidhealach rium an diugh a bhios toileach còmhradh a dheanamh rium ann an Gàilig! Ann an taighean mhinistearan a tha 'searmonachadh anns a' Ghàilig a h-uile Di-dòmhaich, cha chluinnear ach ainneamh facal Gailig. Is dòcha gu 'n

labhair na ministearan agus an cuid mhnathan Gàilig ris na seirbhisich agus ris na searbhantan, ach cha chuireadh iad de mhi-mheas air an cloinn gu 'n labhradh iad aon fhacal Gàilig riutha!

Tha mi 'n dòchas nach 'eil Gàidheil Chanada cho fad so air ais. Saoilidh mi nach 'eil, o'n is ann an Canada a tha 'n aon phaipear-naigheachd Gàilig a th' air an t-saoghal air a chur am mach.

Tha e dlùth air deich uairean a dh' oidhche, agus o'n a tha toil agam an litir so a chur air falbh leis a' cheud phosta, cha 'n 'eil ùine agam a deanamh cho fad 'sa bha mi 'n dùil a dheanainn i an uair a thòisich mi air a sgrìobhadh.

Ach cabhagach 's mar a tha mi, feumaidh mi taing a thoirt do gach aon a tha sgrìobhadh ugad. An uair a thig am MAC-TALLA thun an taighe, is ann air a bheir mi lamh an toiseach. Tha a chuid naigheachdan taitneach a' togail sunnd air mo chridhe, ged a bhithinn gu h-airsneulach, sgìth, mar is tric leam a bhith.

Bliadhna mhath ùr dhut fhéin agus do d' chàirdean gu léir, ge b'e air bith co iad, no ciod an earrann dhe 'n t-saoghal ann am bheil iad a' gabhail còmhuidh. Is mi do charaid

BODACHAN A' GHARAIDH.
Taobh an Locha, 15/12/'03.

AM MAC A B' OIGE.

Le Iain.

CAIB. I.

RUGADH mise ann am baile beag tuatha a tha faisge air a' chladach ann an taobh an iar-thuath na h-Alba. Bha m' athair 'na thuathanach cho math 's a bh' anns a' bhaile. Bha e 'na dhuine glic, cùramach a bha 'toirt an aire air a ghnòthach, agus a' saoithreachadh gu dìchiollach gus a theaghlach a chumail ann am biadh 's an aodach 's an caiseart cho math 's a bha aig an leithidean eile anns an dùthaich.

B' ann de ghnath-mhuinntir an aite a bha e. Phòs e mo mhàthair an uair a bha e mu dheich bliadhna fichead a dh' aois. Bhuineadh ise do dh' earrann eile de 'n dùthaich. Bha ise mar an ceudna pailt cho math gus a taobh fhein dhe 'n taigh a chumail suas 's a bha esan. Cha robh car anns an cuireadh boirionnach a lamh aig an àm ud nach deanadh i.

Bha sinn ann coignear de theaghlach; triuir ghillean agus dithis nighean. Bu mhise an aon a b' òige dhe 'n teaghlach. Fhuair mi sgoil cho math ri fear sam bith dhe mo sheòrsa a bha anns an dùthaich. Gu fortanach cha robh an taigh-sgoile fad' o thaigh m' athar, agus bha deadh mhaighstir-sgoil' againn.

Bha mo bhràthair bu shinne ag obair air saothreachadh an fhearainn comhladh ri m' athair. Bha mo bhrathair eile 'na deadh shaor. Cha b' e mhain gu 'n deanadh e cairtean is croinn, ach thogadh e bàtaichean mar an ceudna. Bha mo pheathraichean, gus an do phòs iad, a staigh, agus a' deanamh gach obair a bhiodh aig nigheanan tuathanaich ri dheanamh.

Tha e gu tric a' tachairt gu 'm bheil an aon a's òige dhe 'n teaghlach a' faotainn mòran dhe 'thoil fhein. Ach cha d' éirich a leithid sin dhomhsa. Ged a bha meas gu leòr aig mo bhràithrean 's aig mo pheathraichean orm, cha robh iad a' deanamh tuilleadh 's a' chòir dhìom. Ged a bhiodh toil aca mòran a dheanamh dhìom, cha leigeadh mo mhàthair is m' athair leotha.

Tha mi cinnteach nach robh mi dad na b' fhearr no na bu mhiosa na mo leithid eile. Ach bhiodh cuid dhe na càirdean, an uair a thigeadh iad thun an taighe, 'g am moladh 'na m' làthair fhìn. Cha leigeadh mo mhàthair leotha mo mholadh idir. Theireadh i nach robh dad bu luaithe a chuireadh an dunaigh mu m' cheann na bhith 'g am mholadh 'na m' làthair fhìn. Agus mar is eòlaiche a tha mi 'fàs air gnothaichean an t-saoghail is ann is fhearr a tha mi 'tuigsinn gu 'm faodar toirt air daoine 'òga fas mór asda fhein ma bhithear tuilleadh is tric 'g am moladh an uair a bhios iad fhein an làthair. Leis an eagal a bh' air mo mhàthair gu 'n deanadh moladh cron dhomh, b' ainneamh leatha mo mholadh idir. Agus b' iomadh uair a dh' fhaodadh i mo mholadh ged nach d' rinn i e. Tha riaghailt dhe na h-uile rud math 'na àite fhein, agus an uair a ni duine an obair a dh' earbar ris cho math 's is aithne dha, bheir beagan molaidh misneach dha.

An uair a bha mi eadar deich is dusan bliadhna thachair gu 'n robh coimhearsnach againn aig an robh fìor dhroch mhac. Mar a thachair dhomh fhìn, b'e am mac a b' òige a b' anns an teaghlach. Fhuair e tuilleadh 's a' choir dhe thoil fhein. Ghabh e gràin air an sgoil, mar is minic a thachair anns an àm ud. Agus bu tric a thug e ormsa fuireach as an sgoil gus a dhol a chluich comhladh ris air feadh nan cnoc 's nan gleann. Ach cha d' fhuair mi an obair so fada leam. Air aon dòigh no dòigh eile fhuair mo mhàthair am mach an obair a bh' agam. Agus ma fhuair, cha robh e nasgaidh dhomh. Cha leig mi as mo chuimhne gu bràth na briathran a labhair i rium. Is e 'thàinig as a' chuis nach fhuilingeadh mo mhàthair do m' chompanach tighinn am faisge an taighe.

Bha mi air mo chumail fo smachd glé mhath. Cha 'n fhaighinn cead a dhol do dh' àite sam bith ach an t-aite 'cheadaicheadh mo phàrantan dhomh. Air Di-domhnaich, cha 'n fhaodainn a dhol do thaigh sam bith air chéilidh, agus cha mhò a dh' fhaodainn a dhol astar mòr sam bith o 'n taigh. Bu tric a bha mi aig an àm ud tùrsach gu leòr, a chionn nach fhaighinn cead falbh air Di-domhnaich ann an cuideachd nan gillean a bha mu 'n aon aois rium fhìn. Ach is iomadh lath' o'n uair ud a bha mi glé thaingeil do m' phàrantan, a chionn gu 'n robh iad 'g am chumail cho math fo smachd. Theirteadh rium an uair a bhithinn ag iarraidh falbh a dh' àite sam bith ann an cuideachd nan gillean òga, gòrach gun smachd a bhiodh am muigh ris an olc air an oidhche, agus a bhiodh a' falbh o àite gu àite air an toil fhein fad an latha

Di-domhnaich, gu 'n truailleadh droch comhludair deagh bheusan. Ged nach robh mi anns an àm a' toirt géill no creideis do na briathran fìrinneach so, thuig mi gu math 'na dheigh sin gu 'n robh iad fìor gu leòr. An uair a sheallas mi air m' ais air na làithean a dh' fhalbh, chi mi gu soilleir nach robh rath no buaidh air fear, ach fear glé ainneamh, a bha 'faotainn cead a bhith falbh mar a thogradh e fhein air oidhche 's air latha.

Theagaisgeadh dhomh ann an tùs mo làithean meas a bhith agam air facal Dhé, air latha Dhe, agus air taigh Dhé. Gach madainn is feasgar, an uair a bhiodh m' athair a' leughadh cuibhrionn de dh' fhacal Dhé, agus na thachradh a bhith staigh dhe 'n teaghlach mu 'n cuairt an teine 'nan suidhe gu stòlda, bhiodh ar cluas fosgailte ris gach facal a leughadh e. Cho luath 'sa rachadh againn air beagan leughaidh a dheanamh, bhiodh am Biobull ann an laimh gach aon dhinn. Cha bhiomaid a' leughadh earrann ma seach, ach bhiodh ar sùil air gach facal is earrann a bhiodh esan a' leughadh. Bha e 'na fhear-leughaidh glé mhath. Leughadh e gu socrach, poncail, agus dh' ainmicheadh e earrann an déigh earrann mar a bhiodh e 'dol air aghart, a chum nach cailleamaid sealladh air an earrann a bhiodh e 'leughadh. Mar so dh' ionnsaich sinn beag air bheag gun dragh gun fhaireachadh dhuinn fhìn, Gàilig a leughadh.

A bharrachd air so, fhuair sinn air an dóigh so tomhas mòr de dh' eòlas air facal Dhe: eòlas a tha 'deanamh feum dhomhsa gus an lath' an diugh, agus a bhios a' deanamh feum dhomh ri mo bheò. Is fhearr a tha cuimhn' agam air cuid dhe na h-earrannan a bha m'athair a' leughadh an uair ud na tha agam air cuid dhe na h-earrannan a bha mi fhìn a' leughadh o'n a thainig mi gu aois. Bha Lath' an Tighearna air a choimhead cho naomh 's a ghabhadh deanamh. Bha gach ulluchadh a ghabhadh deanamh air a dheanamh mu 'n robh an teaghlach a' gabhail mu thàmh oidhche Shathurna. Cha 'n fhiosrach mi gu 'n d' thugadh a steach saoihteach uisge no fàd mònadh riamh air Lath an Tighearna ann an taigh m' athar. Agus cha mhò is fhiosrach mi gu 'n do dheasaicheadh greim arain ann.

Cho luath 's a rachadh againn air coiseachd do 'n eaglais, thoisich sinn ri dhol innte. Agus an latha nach fhaigheamaid a dhol innte, cha bhiomaid toilichte. Ach b' ainneamh leinn gun dol do 'n eaglais an uair a bhiodh sìde mhath ann. Ach an àm a' gheamhraidh, cha bhiodh e idir furasda do chloinn oig a dhol ceithir mìle air astar do 'n eaglais troimh mhonadh bog. Agus ged a rachadh iad air an astar ud, cha bhiodh e sàbhailte dhaibh suidhe ann an eaglais fhuair le aodach is caiseart fliuch.

Mar is sinne 'tha mi 'fàs is ann is fhearr a tha mi 'tuigsinn cho feumail 's a tha e gu 'm biodh a' chlann air an toirt do 'n eaglais. Ged a tha na Sgoiltean Sabaid a' deanamh feum mor, tha aobhar eagail gu 'm bheil iad a' deanamh tomhas de chron le bhith 'cumail na cloinne gun dol do 'n eaglais. Agus tha e tric a' tachairt nach 'eil an teagasg a tha 'chlann a' faotainn ann an cuid dhe na Sgoiltean Sabaid a' toirt orra tlachd a gabhail ann a bhith 'dol do 'n eaglais an uair a thig iad gu aois. A bharrachd air so, tha moran dhe na pàrantan a' deanamh dearmad air a bhith 'teagasg na cloinne

aig na taighean, a chionn gu 'm bheil iad air an teagasg anns na Sgoiltean Sabaid. Ach tha e ro fheumail do 'n chloinn gu 'm biodh iad air an teagasg araon aig na taighean, anns na Sgoiltean Sabaid, agus mar an ceudna gu 'm biodh iad a' dol gu riaghailteach do 'n eaglais air Lath' an Tighearna.

Tha moran dhaoine 'cumail am mach nach tog a' chlann a' bheag dhe na chluinneas iad anns an eaglais, agus air an aobhar sin, nach 'eil a bhith 'dol do 'n eaglais a deanamh feum sam bith daibh. Ach cha 'n 'eil am beachd so a réir na firinn. Tha cuimhn' agamsa an diugh air moran de na bha mi 'cluinntinn anns an eaglais o chionn leith cheud bliadhna, fada na 's fhearr na tha cuimhn' agam air na bha mi 'cluinntinn an uiridh. Agus cha 'n 'eil mise ach mar a tha mo leithidean eile. "Is e an t-ionnsachadh og a ni

[TD 108]

[Vol. 12. No. 14. p. 4]

foghlum gun taing." Nach ann an uair a tha sinn og is fhearr a dh' ionnsaicheas sinn a h-uile rud a's fhiach ionnsachadh? Cha 'n 'eil foghlum diadhaidh anns an doigh so eadar-dhealaichte o fhoghlum sam bith eile. Agus mur bi daoine ag ionnsachadh a' mhath an uair a tha iad og, faodar a bhith cinnteach gu 'm bi iad ag ionnsachadh an uilc. Obair sam bith a chumas daoine, biodh iad og no sean, o bhith deanamh an uilc, tha e ro fheumail agus iomchuidh a gnàthachadh. Mar a tha 'm biadh làidir, fallain a bha sinn a' gabhail an uair a bha sinn og a' deanamh feum dhuinn gus an latha 'n diugh, mar sin mar an ceudna, tha 'n t-eolas a fhuair sinn mu thimchioll ar dleasdanas do Dhia agus do dhaoine, an uair a bha sinn og, a' deanamh feum dhuinn gus an latha 'n diugh; agus bithidh gu bràth.

A h-uile tuathanach leis am math stochd math a bhith aige air a' chuid fearainn, bheir e an aire mhath gu 'm bi an t-àlach og air am beathachadh gu math. Na h-uain nach fhaigh bainne gu leor, cha dean iad caoirich mhatha gu bràth.

Agus air a' cheart doigh, mur faigh a' chlann og, uain an treud aig an Ard Bhuachaille, am feumalachd de "bhainne fìorghlan an fhacail," bidh iad beag, lag, meata gu lath' am bàis. Agus nach ann aig na pàrantan a tha coir-a' cheud choir-air an sàth a thoirt daibh dhe 'n bhainne 's dhe 'n bhiadh a ni feum dhaibh. Ach ma bhios na pàrantan aineolach air nithean spioradail, tha e soilleir dhuinn nach urrainn daibh moran de dh' eolas spioradail a thoirt do 'n cloinn. Bidh uain nan caorach a bha beag, lag, meata gu nàdarra beag, lag, meata. "Teagaisg leanabh a thaobh na slighe air an coir dha imeachd; agus an uair a bhios e sean, cha treig e i."

(Ri leantuinn).

AN DROBHAIR CRUINN.

LE IAIN MAC PHAIDEIN, AN GLASCHO.

ANNS na laithean a dh' fhalbh, 'nuair a b' àbhaist do na Gàidheil-agus do na Goill cuideachd—a bhi 'g iomain nan dròbh, o gach cearn de 'n dùthaich, gu margadh ainmeil na h-Eaglaise-Brice, 's iomadh tearnadh caol troimh 'n d' thàinig cuid deth na dròbhairean, air an rathad eadar an Eaglais-Bhreac agus an dachaidhean féin.

Is iomadh duine ainmeil a bh' ann am measg nan dròbhairean a bh' ann an sud, agus ainmeil, ann am measg dhaoine ainmeil, bha 'n Dròbhair Cruinn. Cha b' ann ainmeil air son meud a dhròibh, mar a bha Coire-Choillidh, a bha 'n Dròbhair Cruinn; oir tha e air a ràdh gu'n deach Coire-Choillidh a stigh do 'n Eaglais-Bhric air latha sònraichte, agus bha 'n dròbh a bh' aige-crodh agus caoirich—a còmhachadh seachd mìle de 'n rathad-mhor; agus bha e air a ràdh cuideachd, gu 'n robh seachd pìobairean air ceann an dròibh, a dol a stigh do 'n mhargadh. Ach cha'n 'eil na làithean sin cho fada bhuainn 'sa tha na làithean anns an robh an Dròbhair Cruinn beò, agus cha chuala sinn dé 'm fad a bh' anns an dròbh a bu mhodha bh' aig an Dròbhair Chruinn riann, ged a chuala sinn gu 'n robh e 'na dhuine smiorail, gaisgeil, faicilleach, cùramach, anns an robh neart anabarrach air réir a mheud, a chionn cha robh e ach iosal 'na phearsa, cho leathunn 'sa bha e cho fad, mar a theireadh iad, 's e sin a chuir gu 'n d' thug iad an Dròbhair Cruinn mar ainm air. 'N uair a ghabhadh tarbh no damh an caothach, rud is minig a rinn iad aig na h-aisig, na'm faigheadh an Dròbhair Cruinn greim air a h-aon aca, laimhsicheadh e an damh mar gu 'm b'i othaisg a bhiodh aige. Fhuair aon tarbh 's e air an dearg chaothach as a lamhan aon uair, ach dh' fhàg e 'adhaircean ann an làmhan an Dròbhair. Ach coma co dhiu, cha b'e sud idir an ni air an d' aithriseadh an sgeul.

Dh' fhàg an Dròbhair baile na h-Eaglaise-Brice air feasgar sònraichte ann an dol fodha na gréine 's e 'm beachd an oidhche sin a chur seachad ann an tigh òsda anns an Lairbeart, tigh anns am b' àbhaist moran de na dròbhairean oidhche chur seachad. Bha cuideachd còmhla ris an Dròbhair ach ghabh iadsan ceum air thoiseach, ann an dùil nach biodh an Dròbhair fada as an déidh, ach chum a ghnòthuch an Dròbhair beagan ni b' fhaide na shaol e, agus bha e fàgail a bhaile-mhargaidh gun neach gun chreutair beò 'na cuideachd ach a dheadh chù, nach biodh uair sam bith fada o 'shàil. Le ceum beòthail, aotrom—a chionn bha margadh math, agus bha achlasan dùmhail de chùinneadh Shasunn aige air a shiubhal—bha 'n Dròbhair a toirt ceum as agus aghaidh air a dhùthaich. Bha 'n t-anmoch a tighinn, 's cha b' ann air a shocair. Mar a thuirt an seanfhacal, "Mar chloich a' ruith le gleann, feasgar fann foghair." Ach mu 'n d' thàinig an dorcha uile gu léir air, chual' e fuaim chasan eich a tighinn as a dhéidh, agus ann an tiotadh rinn marcaiche, coltas duin'-uasail, a suas air, agus tharruing e 'n Dròbhair, agus thòisich iad air seanachas ri chéile, agus bu mhath a b' aithne do 'n duin'-uasal seanachas a dheanamh, agus bha e cho eòlach air treudan agus air dròibh 'sa bha 'n Dròbhair e fhéin, agus cha robh dròbh no buaile ainmeil eadar Tigh Iain Ghròid 's a' Chrìoch Shasunnach noch b' aithne do 'n duin'-uasal. 'S ann a bha 'n Dròbhair 'ga mheas fhéin fortanach, a leithid de chompanach a

thachairt ris air an rathad. Thàinig an duin'-uasal a nuas as a dhìollaid 's thilg e 'n t-srian thar a ghàirdean 's choisich e ri taobh an Dròbhair 's lean iad air seanachas car tacain. An déigh dhaibh a bhi greis mar so, sheas an duin'-uasal agus thuirt e gu 'm feumadh esan siubhal air adhart, a chionn gu 'n robh àireamh mhath mhiltean aige ri chur seachad mu 'n ruigeadh e a cheann-uidhe, agus an uair a bha e gu leum anns an diollaid thionndaidh e agus thubhairt e ris an Dròbhair: "Nach neònach leamsa duine mar a tha thusa a bhi gabhail an rathaid leis fhéin, 's gun neach na chuideachd a tighinn bhar a' mhargaidh. Nach 'eil fhios agad gu 'm bheil daoine gu minig air an robadh air an rathad so?"

"Ma ta," ars' an Dròbhair, "cha robh fiughair agam a bhi leam féin a nochd, ged a thuit dhomh a bhi ann. Ach co dhiu tha 'n cù is fearr an Albainn agam, agus tha <eng>Andrew Farara<gai> air mo leis, ged nach fhaic neach eile e gus an d' thig feum air, agus ma thig feum air 's aithne dhomh chluich."

<eng>"Andrew Farara!"<gai> ars' an duin'-uasal; "'s e sin a h-aon de na claidheamhan ainmeil. Tha mi a' cluinntinn iomradh orra o'n a's cuimhne leam, 's cha 'n fhaca mi sealladh air a h-aon dhiu riamh, ged a bheirinn rud math air son sin fhaodainn."

"Cha ruig sibh a leas a bhi ni 's fhaide mar sin," ars' an Dròbhair, 's e tarruing a' chlaidheamh a bha sios ann an osann na briogais aige, 's a cheann am falach fo 'chòta os cionn a chruachan. Shìn e an claidheamh ann an laimh an duin'-uasail, mar nach biodh e toirt dha ach a chuach-theine 's an spor.

Ach O, ciod e 'n laigse thubaisdeach a thàinig air an Dròbhair Chruinn aig an uair ud: duine 'bha cho seòlta, sicire, faicilleach, 'sa sheas riamh air margadh na h-Eaglaise-Brice, a dhol a shìneadh na bha de dh'airm air ann an laimh coigrich, ann an dorcha na h-oidhche. Ach de 'ruigeas sinn a leas a bhi bruidhinn? Nach 'eil eachdraidh làn deth leithidean so, riamh o'n latha shònraichte ud anns an do thachair gu 'n do chuir an duine bu chiùine a bha riamh air an t-saoghal-Maois-ann am buaireadh braise na feirge, na deich Aithntean 'nan criomagan leis an aon bhuille? Agus 's minig bhuaithe sin a thachair e gu 'n do thuit am fear làidir agus aig uair chiogailteach gu 'n d' fhàilnich e gu buileach, anns an ni sin anns an robh e air a chùnntas barraichte. Mar a thuirt an seanfhacal: "Is minig a thàinig fo laimh an deadh stiùireadair."

An uair a fhuair an duin'-uasal-an robair 's e bh' ann 's cha b'e duin'-uasal-'na laimh an claidheamh, thug e tacan air a mholadh. Sheas e 'n sin ceum air ais o'n Dròbhair 's bha e cur caran de 'n chlaidheamh mu 'n cuairt a chinn. Thog e 'n sin an claidheamh cho àrd 'sa b' urrainn e, agus thug e 'nuas e le uile neart, agus chuir e 'n ceann de 'n chù, agus mu 'n gann a bha 'n gnìomh ud deanteadh, bha rinn a chlaidheamh féin ri broilleach an Dròbhair bhochd agus briathran an robair 'na chluais, "Liubhair do sporan!" Ach cha d' fheum an Dròbhair briathran sam bith air son a thuigsinn, agus b' fheudar dha a h-uile peighinn a bh' aige-'s bha sin aige sporan trom -a liubhairt thairis do 'n robair, agus bha 'dheadh chù agus a

chlaidheamh 'ga dhìth còmhla ris a sin. Mu 'n do dhealaich iad, thubhairt an Dròbhair: "Thug thu bhuamsa na bh' agam, agus ged is duilich leam mo chuid féin 's e cuid chàich is duilighe leam. Tha mi còrr agus fichead bliadhna a' dol 'sa tighinn air an rathad so, agus ged is iomadh neach a dh' earb a chuid rium anns an ùine sin, cha do chaill neach peighinn riann orm; ach an uair a theid mi dhachaidh, agus a dh' innseas mi gu 'n deach mo robadh, bidh cuid ann a chreideas mi ach bidh moran dhiù nach creid. Ach, co dhiù, cha teid mi dhachaidh gu bràth gun leòn orm. So agad stoc craoibhe, agus cuiridh mi mo làmh chli air, agus gearr dhìom leis a' chlaidheamh o chaol an dùirn i."

"A dhuine ghòraich," ars' an robair, "nach foghainn leòn a's lugha na call an laimhe uile leat. Cuir an lùdag agus a mheur a's fhaisge dhi air an stoc agus gearraidh mise dhìot iad, 's gléidh an còrr de 'n laimh; bidh feum agad fhathast oirre."

"Mar sin fhein bitheadh e," ars' an Dròbhair, 's e gabhail a null far an robh stoc na craoibhe, a chaidh a shàbhadh tri no ceithir de throidhean o'n talamh, agus chuir e 'dha mheur sìnte air an stoc, agus thuirt e ris an robair, "A nis, buail grad agus buail glan."

Thog an robair an claidheamh cho àrd 'sa b' urrainn e, 's an sin bha e 'ga thoirt a nuas le uile neart, an uair a thiolp an Dròbhair a mheòir bhar an stuic, agus chaidh an claidheamh an sàs gu domhain anns an fhiodh, agus mu 'n d' fhuair an robair ùine gu sealltainn no gu smaointinn, bha meòir an Dròbhair Chruinn a' teannachadh gu cruaidh mu 'n sgòrnan aige. Gun teagamh rinn an robair sporgail gu leòir gu faotainn ma réir-dheanadh uan sin, na'm faigheadh e e-féin ann an spògan an leóghainn—agus bhiodh e a cheart cho furasda do'n uan faotainn as o'n leóghann 'sa bha e do'n robair faotainn á lamhan an Dròbhair, ged a b'e 'n robair duine moran bu truime na 'n Dròbhair. Co dhiu, cha b'fhada gus an robh an robair 's a dhruim ri talamh, agus fhuair an Dròbhair a chuid fhein air ais agus dòrlach math a bharrachd air, agus le iall na cuip a bh' aig an robair, chaidh a lamhan fhein a cheangal air a chùlaobh, agus b' fheudar dha coiseachd ri taobh an Dròbhair gus an Lairbeart. An uair a ràinig an Dròbhair an tigh-òsda, anns an robh e dol a chuir seachad na h-oidhche, 'sa chunnaic a chàirdean fein e tighinn agus each aige anns an dàrna

[TD 109]

[Vol. 12. No. 14. p. 5]

laimh agus duine anns an laimh eile, cha robh fios aca ro mhath dé am mineachadh a thigeadh as a' chùis. Ach an uair a thainig fear-an-taighe air lom, 'sa sheall e mu 'n cuairt air, thuirt e: "Mo laochain thu, 'Dhròbhair! Rinn thusa obair mhath air an oidhch' a nochd. Ghlac thu 'n robair mor, agus tha ceud punnd Sasunnach air a cheann, agus ma bheir thu do Shruithla 'màireach e, gheibh thu sin agus taing."

Agus 's e sin a rinn an Dròbhair. Gu math tràth anns a' mhaduinn thug e 'n robair do Shruithla, agus ged a chuir an robair casaid na aghaidh ag ràdh gu'n do rob an Dròbhair esan, cha bu mhiann leis an luchd ùghdarrais ann an Sruithla sealltainn a stigh anns a chùis sin. Fhuair an Dròbhair a cheud punnd Shasunnach le moran molaidh agus taing air son e 'bhi cho smiorail; fhuair e cead each an robair a ghleidheadh dha féin, agus 's minig a chluinnt' e 'g ràdh as a dhéidh sud: "Ged a chaill mi mo dheadh chù, fhuair mi 'n deagh each." Agus 's iomadh latha as a dhéidh sud a bha 'n Dròbhair agus an t-each aithnichte anns na h-eileanan an Iar.

ROBINSON CRUSOE.

CAIB. VII.

ACH tha e neo-chomasach dhomh cainnt a chur air an staid inntinn anns an robh mi an uair a chuala mi am fuaim eagallach, agus a' ghlaodhaich oillteil, agus an donnalaich a thoisich araon faisge air a' chladach, agus mar an ceudna shuas air feadh na duthchadh, an uair a chualas fuaim na h-urachrach-fuaim. tha mi 'creidsinn, nach cuala na creutairean ud riamh roimhe. Thug so orm a thuigsinn gu lan-mhath nach robh e glic dhuinn a dhol gu tir an oidhch' ud. Ach b' i a' cheist, cia mar a ghabhamaid de mhisnich na rachadh gu tir re an latha; oir bhiodh e cheart cho cunnartach dhuinn coinneachadh ris na daoine fiadhaich fhein ri coinneachadh ris na leomhainn 's ris na tigearan. A dh' aon chuid bha egal oirnn rompa le cheile.

Bhiodh cuisean mar a thachradh iad, dh' fheumamaid a dhol gu tir an aiteiginn a dh' iarraidh uisge; oir cha robh pinnt againn anns a' bhata, agus cha robh fhios againn c'ait am faigheamaid e.

Thuirt Suraidh, na'n leiginn leis a dhol gu tir le fear dhe na pigeachan gu 'm feuchadh e ri uisge a thoirt thugam ma bha deur ri fhaotainn.

Dh' fheoraich mi dheth, c'ar son a bha e 'g iarraidh a dhol gu tir? C'ar son nach rachainn fhin gu tir, agus nach fhanadh e-fhein anns a' bhata? Thug an doigh chaomhaill anns an do fhreagair e mi orm gu 'n robh tlachd mor agam dheth gu brath tuilleadh. Ars' esan: "Ma thig na daoine fiadhaich, ithidh iad mise, agus faodaidh tusa thu fhein a thoirt as."

"Ma ta, Shuraidh," arsa mise, "theid sinn le cheile gu tir, agus ma thig na daoine fiadhaich, marbhaidh sinn iad, agus cha 'n ith iad fear seach fear dhinn."

Thug mi brioscaid dha, agus drama as a' cheis bhotul aig mo mhaighstir, a dh' ainmich mi mar tha

Tharruinn sinn cho dluth do thìr 's a b' urrainn duinn. Ghrunnaich sinn gu tir agus cha d' thug sinn dad leinn gu tir ach gunna am fear, agus da phige gus uisge a thoirt air bord.

Cha robh toil agam a dhol a sealladh a' bhata air eagal gu 'n tigeadh daoine fiadhaich le 'n cuid chanodhachan a nuas an amhainn. Ach thug am balach an aire gu 'n robh aite iosal mu mhile o 'n chladach agus choisich e suas ann air a shocair fhein.

An ceann uine chunnaic mi e 'tighinn 'na ruith an rathad a bha mi. Shaoil mi an toiseach gu 'n robh na daoine fiadhaich air a thoir, no gu 'n do ghabh e eagal roimh aon dhe na fiadh-bheathaichean, agus ruith mi 'na choinneamh gus comhnadh a dheanamh leis. Ach an uair a rainig mi faisg' air, thug mi an aire gu 'n robh rudeiginn an crochadh thairis air a ghuailean. Ciod a bh' ann ach creutair coltach ri gearr a mharbh e, ach a bha air atharrachadh dath, agus na b' fhaide anns na casan. Air a shon sin, bha sinn gle thoilichte gu 'n d' fhuair sinn e; agus bha feoil gle mhath air. Ach b' e an t-aobhneas bu mho a bha air Suraidh, gu 'n d' fhuair e uisge math, agus nach fhaca 's nach d' fhairich e daoine fiadhaich idir.

Ach an deigh sid fhuair sinn am mach nach ruigeamaid a leas sinn fhin a chur gu moran saothreach a dh' iarraidh uisge; oir bha uisge gle mhath ann am braighe a' chladaich an ceann a' bhaigh anns an robh sinn air acaire. Lion sinn na pigeachan leis an uisge, agus bha feusd againn air a' ghearr a mharbh sinn. O nach fhaca sinn dad a bheireadh oirnn a chreidsinn gu 'n robh daoine a' fuireach anns a' chuid ud dhe 'n duthaich, rinn sinn deiseil gus gabhail romhainn air ar turus.

O 'n a bha mi aon uair roimhe air turus air a' chorsa so, bha fhios agam gle mhath nach robh eileanan Chanari, agus mar an ceudna eileanan Cheap de Verd, gle fhad' air falbh o chladach Africa. Ach o nach robh inneallan sam bith agam leis an rachadh agam air a' cheart aite anns an robh mi a dheanamh am mach, cha robh fhios agam c'aite an seallainn air an son, no cuin a thogainn am mach o thir gus a dhol do 'n ionnsuidh; mur b' e gu 'n robh so mar so, dh' fhaodadh e bhith furasda gu leor dhomh amas air feadhainn dhe na h-eileanan so. Ach bha mi 'n dochas, nan leanainn romham air seoladh faisge air a' chladach gus an ruiginn an t-aite anns an robh na Sasunnaich ri malairt, gu 'm faodadh gu 'n tachradh te dhe na loingeas aca rium, agus gu 'n tugadh iad air bord sinn.

Cho fad 's a b' urrainn domh a dheanamh am mach, feumaidh gu 'n robh an t-aite anns an robh mi nis eadar am fearann aig Iompaire Mhoroco, agus an t-aite anns an robh na daoine dubha 'fuireach. Tha 'n t aite so 'na fhasach tioram gun fheum, far nach 'eil creutair sam bith a' fuireach ach fiadh-bheathaichean. Chuir na daoine-dubha an cul ris, agus chaidh iad mu dheas leis an eagal a bha orra roimh na Mooraich, agus bha na Mooraich a' smaointean nach b' fhiach e an t saothair dhaibh a dhol a dh'fhuireach ann, o nach robh ann ach fasach tioram gun fheum. Agus o 'n a chuir daoine gu buileach an cul ris, thainig e gu bhith 'na aite-comhnuidh do dh' aireamh mhoir de leomhainn, 's de thigearan, 's de liopaird, 's de chreutairean fiadhaich eile. O 'n a bha chuis mar so, bhiodh na Mooraich a' dol a shealgaireachd ann, agus iad ann an ordugh mar gu 'm biodh armailt ann, a dha no tri de mhiltean dhiubh comhladh aig an aon am.

Fhad 's a bha sinn a' seoladh mu cheud mìle ri cois a' chladaich, cha robh ri fhaicinn re an latha ach fasach tioram gun fheum, agus re na h-oidhche gu leir cha robh dad ri chluinntinn ach donnalaich, agus buirean bheathaichean fiadhaich.

Uair no dha re an latha air leam gu 'n robh mi 'faicinn mullach beinn Tenerife, a' bheinn a's airde a th' ann an eileanan Chanari, agus bha fìor thoil agam seoladh am mach an dochas gu 'n ruiginn an t-aite. Ach an deigh dhomh da oidhirp a thabhairt, b' fheudar dhomh tilleadh air ais. Bha 'ghaoth 'nam aghaidh, agus bha 'n fhairge ag eirigh tuilleadh is ard air son a' bhata. O 'n a bha 'chuis mar so, chuir mi romham gu 'n leanainn romham mar a runaich mi an toiseach, agus gu 'n cumainn faisg' air a' chladach.

An deigh dhuinn falbh as an aite so, b' fheudar dhuinn a dhol caochladh uairean gu tìr a dh' iarraidh uisge. Agus gu math moch air madainn araidh thainig sinn gu acaire ann am fàsghadh gob rudha bhig a bha gu math ard os cionn na mara. Bha 'n lionadh air toiseachadh, agus bha sinn a' feitheamh gus am faigheamaid a dhol a steach na b' fhaide.

Bha suil am mach aig Shuraidh gu math na b' fhearr na bh' agamsa, agus thuirt e rium gu beag, gu 'm b' fhearr dhuinn a dhol am mach o thìr na b' fhaide. "Seall an uile-bhiast mhor ud 'na cadal gu trom air taobh a' chnoic ud thall."

Sheall mi far an do chomharraich e mach dhomh, agus chunnaic mi gur e uile bhiast uamhasach a bh' ann gu dearbh, oir b' e leomhan mhor eagallach a bh' ann 's i 'na laidhe os cionn a chladaich fo bhèarradh na creige.

"A Shuraidh," arsa mise, "theid thu gu tìr agus marbhaidh tu i."

Thainig dreach an eagail air Shuraidh, agus thuirt e: "Mise 'g a marbhadh! Dh' itheadh i mi a dh' aon ghreim."

Ach air a shon sin cha duirt mi facal tuilleadh ris a' bhalach, ach gu 'n d' iarr mi air laidhe gu socrach far an robh e. Rug mi air a' ghunna bu mho a bh' againn. Bha e, cha mhor, cho farsuinn ri mosgaid. Chuir mi gu leor a dh' fhadar ann, agus da chnap luaidhe, agus chuir mi ri mo thaobh e. Chuir mi urachair mhath fhudair anns an ath fhear, agus da pheillear, agus an uair a chuir mi fudar anns an treas gunna, oir bha trì dhiubh againn, chuir mi coig peilleirean beaga ann.

Dh' fheuch mi cho math 's a b' urrainn domh gus ceann na leoghainn a chuimiseachadh leis a' cheud ghunna a lion mi, ach o 'n a bha 'n spog aice thairis air a sroin, an uair a loisg mi oirre, cha d' rinn mi ach a' chas aice a bhristeadh os cionn na gluine. Thug i leum aisde, agus thoisich i ri dranndan an toiseach, agus an uair a fhuair i a cas briste, thuit i rithist. An sin dh' eirich i ar thri chasan, agus thug i glaodh aisde cho eagallach 's a chuala mi riamh.

Bha car de dh' ioghnadh orm nach do chuimisich mi anns a' cheann i;

ach air a shon sin, ghrad rug mi air a' ghunn' eile, agus ged a bha i 'dol ceum beag na b' fhaide uam, loisg mi oirre, agus chuir mi na peilleirean 's a' cheann aice, agus bha mi toilichte an uair a chunnaic mi tuiteam i, gun ghlaodhaioh sam bith, ged a bha i ri osnaich 's ri spairn.

An sin ghabh Shuraidh misneach, agus b' fheudar dhomh a leigeadh gu tir. "Bi falbh, ma ta," arsa mise. Leum e do 'n uisge, agus thug e leis an gunna beag anns an dara laimh, agus shnamh e gu tir leis an lamh eile. An uair a chaidh e dluth do 'n leomhainn, chuir e an gunna ris a' chluais aice, agus ghrad mharbh e i.

Rinn sinn sealg gun teagamh, ach cha deanadh an t-sealg a rinn sinn biadh dhuinn. Bha dorran orm a chionn gu'n do chosg mi tri urchraichean air rud nach robh a chum a' bheag a dh' fheum dhomh. Ach bha Shuraidh ag radh gu 'n itheadh e rud dhe 'n fheoil, agus thainig e air bord a dh' iarraidh na tuaidhe.

"C'ar son a tha thu 'g a h-iarraidh," arsa mise.

"Tha mi 'dol a thoirt a' chinn dhith," ars' esan. Cha b' urrainn Shuraidh an ceann a thoirt bhar na leomhainn; ach thug e cas dhith, agus thug e gu bord i, agus bha i anabarrach mor.

Smaoinich mi gu 'm faodadh an t-seice tighinn gu feum dhomh air aon doigh no doigh eile, agus chuir mi romham gu 'm feannainn an leomhann nam b' urrainn domh. Thoisich mi-fhin is Shur-

[TD 110]

[Vol. 12. No. 14. p. 6]

aidh ri 'feannadh; ach bha Shuraidh fada na b' fhearr aig an obair na bha mise, oir cha robh eolas sam bith agam air a leithid a dh' obair. Thug sinn fad an latha air a feannadh, ach chaidh againn air crìoch a chur air. Thug sinn an t-seice gu bord, agus sgaoil sinn i air mullach a' chabin, agus taobh na feola am muigh dhi. Thiormaich teas na greine i ann an da latha, agus 'na dheigh sid bha i feumail dhomh gus mi-fhin a leigeadh 'nam shineadh oirre.

(Ri leantuinn.)

LITIR O'N CHUAIRTEAR.

IS iomadh rud a chì 's a chluinneas am fear a bhios tric a' dol air chuairt feadh na dùthcha. Tha roinn mhor de 'n fhiosrachadh a gheibh e mar so a thig gu feum dha fhein 's do dh' fheadhainn eile air iomadh dòigh, uair no uaireiginn; ach 's fheudar aideachadh, aig an àm cheudna, gu 'm faic 's gu 'n cluinn e iomadh ni nach 'eil gu mor bhuannachd do neach sam bith.

Tha deagh chothrom aig cuairtear air eòlas fhaighinn air nàdar agus

cleachdanan a mhor chuid de 'n t-sluagh, gu h-àraidh an fheadhainn sin a tha e gle thric na 'm measg, agus ris am bi a ghnòthuch. Tha mi làn chreidsinn gu 'm bheil daoine ann a mheallas oirnn, cho eòlach 's gu 'm bi sinn orra; bha 'chùis mar so riamh, agus tha mi cinnteach gur ann mar so a bhitheas a chùis gu deireadh an t-saoghail. Cha 'n e sin a mhàin, ach faodaidh sinn air uairean a thoirt a chreidsinn oirnn fhìn gu 'm bheil sinn a làn thuigsinn inntinn an fhir air am bheil sinn glé eòlach; ach an uair a mheòraicheas sinn beagan mu 'n chùis, chi sinn gu soilleir nach léir do dhuine sam bith cridhe neach eile gu h-iomlan ach am Fear a chruthaich e. Air an aobhar sin feumaidh sinn a bhi daonnan 'n ar faicill nach toir sinn breith ro chabhagach air neach sam bith, cho earbsach 's gu 'm bi sinn as an fhiosrachadh a th' againn mu dheidhinn.

Tha beagan beò fhathast an sud 's an so de dh' fhàs na seann dùthcha. Bidh mi taghal orra so an dràsda 's a rithist 'n uair a fhreagras e dhomh, oir is taitneach le m' chridhe tacan a thoirt a còmhradh riutha. O, ach a bhàigh a th' aig a h-uile aon diubh fhathast ris an t-seann dùthaich, agus am meas a th' aca air a bhi bruidhinn oirre. Tha gach beinn, gleann, mà, sruth, eas, creag, caol agus òb, an dùthaich an òige, cho soilleir, tha agus moran na 's soilleire na'n inntinn na na bailtean réidhe, còmhnard air an do shaothraich iad cho goirt o'n a thàinig iad do 'n dùthaich so. Is gle thogh le cuid diubh bhi 'g aithris sgeulachdan na Feinne, a bhi seinn òran nam bàrd, ag innse mu Phrionns' Tearlach, mu ghaisge Shir Eoghain, agus iomadh laoch ainmeil eile. Tha feadhainn dhiubh leis an toil a bhi 'g innse mu dhròbhaireachd 's mu fhéilltean mora aig an robh iad, mu iasgach an sgadain, agus mu shealg nam fiadh. O, cha 'n fhada bhios a h-aon de na seann daoine còire so 'n ar measg, agus an uair nach maireann iad, 's ann a thuigeas sinn da rireadh gu dé cho fiachail 'sa bha e tacan a thoirt na'n cuideachd.

Tha roinn mhath ann de sheann daoine de dh' fhàs na dùthcha so fhéin aig am bheil seanachas gle thaitneach. Is toigh leis an òigrìdh a bhi cluinntinn mu 'n dol a mach a bh' aig ar n-athraichean bho chionn trì fichead agus ceithir fichead bliadhna air ais, an uair a bha 'n dùthaich so ùr, gun rathaidean mora, gun mhuillnean, agus gun innealan a's fhiach ainmeachadh. Is dona 'thuigeas gillean òg an latha 'n diugh de am miomhaigh a bh' aig an athraichean 'nuair a dh' fheumadh iad sac mine no buiseal salainn a thoirt dachaidh deich mìle troimh 'n choille, gun cheum rathaid ceart fo 'n cois. Ach cha chluinnt' a gearain iad. Dhannasadh iad "Gille Calum" an deigh tilleadh mu choinneamh tein' an t-similear gu sunndach, aotrom, agus a bhean gu laghach a seinn a phuirt da. An diugh, ma theid fear do 'n bhaile-mhor an carbad iarunn, O! 's esan a bhios sgìth, brùite am beul na h-oidhche; cha mhor nach fheumar am biadh a chumail ris, agus a thogail a stigh do'n leabaidh. An nighean òg ud 'tha na suidhe aig an inneal-fhuaidheal, no an té ud tha cluich a phiano, is beag a dh' fhiosraich i de dh' ànradh nan làithean sin anns an robh a màthair a cur a' bhuntàta 'sa choille dhuibh fad an latha, a' chreathall a muigh an oir na pàirce; agus 'nuair a thigeadh an oidhche, a shuidheadh sìos gu aon-uair-deug air a chuibhle-shniomh no air a bheairt-fhighe.

Am measg gach seòrsa a dh' amaiseas ris an fhear-chuairte, cha bhi aon diubh a's annasaich' 's a's éibhinn' leis a bhi 'g éisdeachd na 'n fheadhainn aig am bi seanachas car mar a leanas:-

"An cuala tu gu 'n robh Aonghas Ruadh agus Mairi Eoin a' dol a phòsadh an déigh na bliadhn' ùire? Nach iongantach gu 'n gabh Mairi fear cho aineolach ris? Chuala mi gu 'n do dhiùlt Peigi Sheumais Aonghas Bàn. An òinseach bho chd! cha 'n fhaigh i na 's fhearr. Thainig Domhull Uilleam dhachaidh. Cha 'n eil curam gu 'n teid e a dh' àite Ruairidh air an turus so. Na'm biodh beairteas aig Aonghas beag, gheibheadh e Iseabail 'Illeasbuig air a' cheud fhacal. Tha iad sud coma ma bhios airgid aig duine dé an coltas a th' air." Agus mar sin sios.

Cha 'n abair mi tuilleadh aig an àm so, 'chionn tha mo litir mar tha tuilleadh is fada.

CUAIRTEAR.

An Duine Leisg.

Tha 'bhith diomhanach a' truailleadh agus a' seargadh nàdar an duine. Mar a mheirgeas an t-iarunn an uair a dh' fhagar fada 'na shineadh am muigh e fo ghaoith 's fo uisge, agus a theid e o fheum air a' cheann mu dheireadh, mar sin mar an ceudna, tha buadhan an duine a tha 'na sheasamh fad an latha diomhanach a' cnàmh air falbh gun fheum dha fhein, no do neach sam bith eile.

Rinn gobha araidh dà choltair do thuathanach. B' e an t-aon seòrs' iarunn a bh' annta, agus rinneadh iad anns an aon latha. An uair a thug e dhachaidh iad, chuir e fear dhiubh gu feum gun dàil, agus dh' fhàg e am fear eile 'na thamh anns an t-sabhal, far an robh e meirgeadh fad na bliadhna. An ceann bliadhna thainig feum aig an tuathanach air coltair, agus thug e lamh air a' choltair mheirgeadh a bh' anns an t-sabhal. An uair a chuireadh anns a' chrann e, thuirt e ris a' choltair eile: "Cia mar a tha thusa cho briagha 's cho dearrsach seach mise? Tha mi 'g aideachadh gu 'm bheil nàire orm mi fhin fhaicinn ri do thaobh."

"Ah!" fhreagair an coltair eile, "is e bhith 'g obair gu trang a chum mise gu 'n a bhith meirgeach mar a tha thusa. Bha thusa a' cur seachad na h-ùine diomhanach, agus is e sin a dh' fhag thu mar a tha thu; ach an uair a bhios tu greis ag obair, falbhaidh a' mheirg dhiot, agus bidh tu a cheart cho briagha 's cho geal riumsa."

Is ann air son a bhi 'caitheamh na h-ùine gu diomhanach, an uair bu chòir dha an tàlann a fhuair e a chur gu feum, a thugadh a bhinn eagalach am mach an aghaidh an duine leisg. "A sheirbhisich uilc agus leisg, bha fhios agad gu 'm buaininnsa 'san àite anns nach do chuir mi agus gu 'n tionailinn as an ionad anns nach do sgaoil mi. Bu chòir dhut, uime sin, m' airgid a thabhairt do 'n luchd-malairt, agus air dhomh teachd, gheibhinn mo chuid fein maille r'a riadh.

Tilgibh an seirbhiseach mi-tharbhach so do dhorchadas iomallach: an sin bithidh gul agus giosgan fhiacal.”

Tha daoine ann a tha, mar is trice, anabarrach trang aig obair nach dean feum sam bith aon chuid dhaibh fein, no do neach sam bith eile. Tha iad mar gu 'm faiceadh tu roth muillinn a' sior dhol mu 'n cuairt, agus gun dad 'g a bhleith. Tha iad mar gu 'm faiceadh tu a' chlann bheag ag obair gu trang a' togail thaighean air an tràigh an uair a theid an làn am mach; ach an uair a thig an lionadh, sguabaidh e leis an obair aig an robh iad cho trang fad na h-ùine.

An d' thug sibh an aire gur iad na firionnaich agus na boirionnaich a tha caitheamh am beatha gu diomhanach, a 's neo-shunndaiche, agus a 's muldaiche coltas? Tha iad so ag imeachd air aghart troimh chùrsa na beatha so, agus, riamh fhathast, cha do chuir iad ceisd orra fhein a thaobh an aobhair air son an do chruthaich iad, no ciod an dòigh anns am bu chòir dhaibh am beatha chrìochnachadh. Their iad riut: “Nach fhaod mise mo bheatha agus mo mhaoin a chaitheamh mar a thogras mi fhin? Ma tha mise a' deanamh an uilc, tha gu leòr a' deanamh an uilc a bharrachd orm, agus, air a cheann mu dheireadh, cha mhiosa dhomhsa na dhaibhsan.”

Is e reusanachadh truagh agus aineolach a tha 'n so, agus cha chluinnear a ach aig a' mhuinntir a tha 'caitheamh am beatha gu diomhanach araon ann an seadh aimsireil agus spoiradail.

IAIN.

“Cha Chuirear Feich air Beul Duinte.”

Tha 'n àireamh a 's mò de shluagh an t-saoghail mall a chum éisdeachd, agus ealamh a chum labhairt, agus, tha aobhar eagail gu 'm bheil iad mar an ceudna ealamh a chum feirge. Tha Solamh ag ràdh, gu 'm bheil “àm gu bhith tosdach, agus àm gu labhairt,” ann. Ach co 'nar measg a tha 'g a thoirt so fa near?

Tha cuid de dhaoine ann nach urrainn fuireach 'nan tosd ged a gheibheadh iad an saoghal mu 'n iath a' ghrian. Feumaidh an teangadh bhith 'g obair gun fhois gun diobradh. Cha 'n fhac' iad ni no neach riamh nach 'eil iad deas gus coire fhaighinn da. Cha bhiodh iad beò mur biodh iad a' bruidhinn air rud eigin. Agus mar is trice, is ann a' faotainn coire do ni no do neach eigin a bhitheas iad. Is gle bhithdheanta leotha a bhith faotainn coire do gach ni agus neach a tha math. Cha 'n urrainn daibh cumail o bhith 'faighinn coire do 'n dòigh anns am bheil an Ti a tha uile-ghlic, agus uile-mhathasach a' riaghladh air nèamh agus air an talamh. Cha 'n ioghnadh ged a thuirt an t-abstol gu 'm bheil an teangadh air a lasadh o ifrinn.

Their daoine ruinn, nach 'eil e furasda dhaibh fuireach 'nan tosd an uair a chluinneas iad daoine eile 'labhairt bhriathran nach 'eil aon chuid iomchuidh no fìor. Feumaidh iad greis a thoirt air connsachadh mu nithean nach 'eil a chum feum sam bith; oir cha d' fhoghlum iad fhathast a bhith “ealamh a chum éisdeachd, mall a chum labhairt,

mall a chum feirge.”

Feumar aideachadh gur e so leasan a’s doirbhe dhuinn ionnsachadh a chuireadh riamh fa ’r comhair; ach is leasan e cho cudthromach ’s a b’ urrainn duinn ionnsachadh. Bha cuid dhe na seana Ghàidheil comasach air an leasan mhath so ionnsachadh, mar a dh’ fhaodar a thuigsinn o ’n t-seanfhaical a leanas: “Is searbh a’ ghloir nach fhaodar eisdeachd.” Chuala sinn iomadh duine glic, tùrail ag radh; gu ’m b’ ainneamh leotha bhith diumbach dhiubh fhein air son fuireach samhach an uair a chluinneadh iad briathran, nach robh a’ còrdadh riutha, ach gu ’m bu tric leotha bhith gle dhiumbach dhiubh fhein an uair a thachradh dhaibh labhairt anns an àm anns am bu chòir dhaibh a bhith ’nan tosd “Cha chuirear féich, air beul dùinte.”

[TD 111]

[Vol. 12. No. 14. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a’s motha tha ’n Canada air son deanamh us creic AIRNEIS-TAIGHE ’S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH ’NAR TAIGH-CEANNACHD AIR Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a’ creic gach seors’ innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

“Ceannaich o’n Chuideachd a’s Motha, ’s caomhain t’ airgead.”

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>
FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &c., &c.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &c.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON’S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a’s fhèarr a tha ann an Sidni.

Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>

BATHAR CRUAIDH.

Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,

DOTAIR FHIACAL.

OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>

URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>

URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.

An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>

URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE

anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>

CORPAICHTE 1869.

ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00

EARRAS PAIGHTE \$2,481,000.00

AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.

<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.

<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.

<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air
adhart, agus tha

BANCA-CAOMHNAIDH

anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3½% 'sa
bhliadhna.

Am Mod.

Is ann am Baile Inbhirnis a bha 'n dara Mod deug air a ghleidheadh am bliadhna. Buinidh do 'n bhaile so àite àrd, measail ann a' Gaidhealtachd Albainn. Is anns a' bhaile so 'tha 'n Comunn Gaidhealach a's fhearr 's a's modha cliù air feadh an t-saoghail gu léir. Tha daonnan Gàidheil dhìleas, fhoghlumte anns a' Chomunn so, 's is iomadh leabhar làn eolais a chuir e a mach. Tha 'm Mod a trusadh ainm 'us onoir mar tha na bliadhnachan a a gabhail seachad. Tha daoine uasail na dùthcha 'nochdadh moran aire 's càirdeis 'us caoimhneis do 'n Mhod. Is e Marcus Thullibardine 'tha na cheann suidhe air a' Mhod am bliadhna—duine uasal eireachdail aig am bheil cliù mhor ann am feachd a dhùthcha. Is e Gàidheal urramach, bàigheil a bha 'na athar, Diuc Athoill. Labhraidh mic agus nigheanan an Diuc Gàidhlig gu fileanta, pongail. Cha-n ann gun aobhar, ma ta, 'tha na Gàidheil fìor mheasail air an Diuc so, on tha e co measail air canain agus air abhaistean nan Gaidheal. Thugadh moran duaisean seachad airson gach nì 'tha taitneach ann am beachd nan Gaidheal 'sa tha 'gealltuinn maith mor a dheanamh. Is ann an Grianraig a bhitheas am Mod air a ghleidheadh an ath bhliadhna. Tha coire air 'fhaotainn nach 'eil sgoilearan comasach 'n am breitheamhan air gach ceol 'us oraid 'us seanachas aig a' Mhod. Tha mi gle chìnnteach nach 'eil iarrtus air bith aig càirdean mora 's bàigheil a' Mhoid ach gu bi gach ceartas 'us caoimhneas air am fadadh 's air an nochdadh leis gach neach a bhuineas do 'n Mhod. Bithidh breitheamhan ùra gu buileach aig an ath Mhod, agus bithidh ochd ceud dollar air an tabhairt seachad ann an duaisean. Bitheadh gach fìor Ghaidheal dìleas do 'n Mhod agus daonnan measail air.

CONA.

Seann Eachdraidh.

Thig latha no dha fathast mu 'm faigh sinn a steach gu fìor ghnè eachdraidh na h-Alba. Uige so bha i air a sgrìobhadh ann an tomhas mor le feadhainn a bha araon aineolach agus cam-chridheach 'nan leabhraichean; ach bha gathan soluis air iomadh dòigh a' brùchdadh a mach o cheann ghoirid air raointean eachdraidh. Dh' fhuiling na Gàidheil barrachd 's na thoill an gnìomharan anns na cùisean so a bhuineadh do ghluasaid is do adhartais na dùthcha. Bha iomadh drochbheairt air a chur as an leth agus tha fathast. Ach tha leabhraichean ùra a' tighinn a mach a tha a' foillseachadh gnè nan daoine o'n d' thàinig sinn. 'S ann de'n t-seòrsa a tha an leabhar mu Chlann Chattain, ged nach 'eil fhios aig an ùghdar chomasach, chothromach, Mr. A. M. Mac-an-tòisich, co am freumh as an d' thàinig a ghineal, an Gille-Cattan Mor, no fear no sliochd ainmeil eile. Tha an leabhar so de'n t-seòrsa a tha feumail ann a bhi deanamh eachdraidh. Bha am Morair Rosebery ag iomradh air na gnothuichean so mu leabhraichean agus mu sgrìobhaidhean a bu choir a bhi air an cur a mach air an t seachdain a dh'fhalbh. Ma theid an obair so air a h-aghaidh gu h-ionraic thig an latha anns am faigh na Gàidheil cuid d'an còirichean féin air an ais a thaobh an cliù agus an euchdan.—
<eng>Oban Times.<gai>

Iadsan a Phaigh.

Donnacha MacFhionnlaidh, L'Ardoise Iosal
Eobhain A Mac Eachairn, am Bàgh an Iar
R R MacFhionghain, Abhainn nam Bradan
Gilleasbuig N Domhnullach, Abhainn nam Bradan
D D Mac Pharlain, S W Margaree
Rob Moireasdan, am Bàgh an Ear
Iain E Mac Leoid, Ingonish
Domhnull I Mac Leoid, Sidni
T C Harold, Sidni
Raonull Mac Coinnich, Eilein Christmas
A I Mac Coinnich, Eilein Christmas
R I Mac Neacail, Acarsaid Bharrachois
R N Mac Gilleain, am Bagh an Iar
M L Mac Fhionghain, <eng>Point Clear<gai>
Ailein Moireasdan, Baile nan Gall
Domhnull Moireasdan, Ceap Nor
Niall I Mac Neill, Rudha Ghilliosa
M S Mac Neill, Gleann Bharraidh
Seumas Mac Aonghais, Grand Mira
Mairi Mhartuinn, <eng>Glace Bay<gai>
Domhnull Mac Gillemhaoil, <eng>New Aberdeen<gai>
Iain Mac Coinnich, na h-Earradh Ur
Niall F Mac Neill, na Narrows Mhora
Calum Mac Ruairidh, <eng>Louisbourg<gai>
Iain Domhnullach, <eng>Antigonish, N S<gai>
Lachuinn Camaran, <eng>Antigonish, N S<gai>
An t-Urr S D Mac-a-Phì, <eng>Loch Katrine, N S<gai>
Aonghas Mac Cuithein, <eng>Orwell, E P I<gai>
Donnachadh Mac Gillemhaoil, <eng>Brodie, Ont<gai>
Iain Mac Artair, <eng>Ivan, Ont<gai>
Mairi Nic Calamain, <eng>Lucknow, Ont<gai>
Tigh nan Cumantach, <eng>Otrawa, Ont<gai>
Tormad P Mac Leoid, Steornabhigh, Que.
Murcha Mac Gillaolain, <eng>Bradwardine, Man<gai>
Ruairidh Mac Iosaig, <eng>Wapella, N W T<gai>
Domhnull Mac Fhionghain, <eng>Earlswood<gai>
Aonghas Mac Fhearghais <eng>Port Haney, B C<gai>
Bean Uilleim Mhathanaich, <eng>Graniteville, Vt<gai>
A Mac Coinnich, <eng>San Francisco, Cala<gai>

AN CIOBAIR DONN.

LUINNEAG.

'S tù gur tù 's gur tù 'th' air m' aire,
'S tù gur tù 's gur tù 'th' air m' aire,
'S tu fhéin, a rùin, gur tù 'th' air m' aire,
'S tu mo chuid-sa de dh' fhir a' bhaile.

Nàile, 's e mo cheist an cìobair,
Fear 'chùil dualaich nach cosd na cìrean,
Beul na stuaimhe fo bhuaidh luchd mì-ruin,

'S e do ghaol nach fhagadh shios mi.

Dhiùlt mi diùc, agus dhiùlt mi bàillidh,
Gheibhinn tighearn' agus fear no dha dhiù;
'S e mo roghainn de na dh' fhàg mi,
Cìobair donn nan caoirich bhàna.

'N oidhche 'bha sinn anns a' mhonadh,
'S e bu bhiadh dhuinn bun an t-seilich,
Bàrr an fhraoich air son coinnlean geala,
'S na h-eòin fhiadhaich air son luchd-faire.

'N oidhche 'bha sinn ris na h-uanaibh,
Thog na nìgheanagan oirnn mar thuaileas
Gu 'n robh mis' ann a'd' bhreacan suainte;
Cha robh, a ghaoil, O, gu 'm b' fhada bhuaite mi!

Thug thu 'n ear dhìom, thug thu 'n iar dhìom,
Thug thu 'ghealach gheal 'sa ghrian dhìom,
Thug thu 'n cridhe a bh' ann am chliabh dhìom,
Cha mhor, a ghaoil, nach tug' s mo chiall dhìom.

Ged bu leamsa fhad 's a chì mi,
Agus uiread eile mhìltean,
Leiginn dhìom a h-uile sgrìl dheth,
Air son 'bhi uair ann an cainnt a' chìobair.

Ged a bhithinn-sa marbh am màireach,
'S air mo chur sìos fo leacan bàna,
Thiginn beò agus gheibhinn slàinte,
Ach an cìobair a bhì làmh rium.

DUANAG DO CHEAP BREATUNN.

LE ALASDAIR DOMHNULLACH, AM PAINTEIR MOR.

Air fonn:—"Fhir a' bhàta."

LUIÑNEAG.

An tìr a dh' fhàg mi, na ho ro éile,
An tìr a dh' fhàg mi, na ho ro éile,
'S na fir a dh' fhàg mi, na ho ro éile,
Mo shoraìdh slàn leìbh gach là dhuìbh éìridh

Tha laoghan plaosg-shuileach, maolan àlainn,
'S e air an daoraich ri taobh a mhàthar,
'S ged is laogh e far aois de dh' fhàs dha
Gheìbh biadh is aodach do h-aon nì àrach.

Tha 'n t-uainein biodach na stiall gu mhàthair,
Bho faìgh e mhìlseachd bheir sìth is fàs da,
'S mu 'n ruig an ùine a null gu ràithe,
Bidh cloimh as ùr ann 'san dùthaich làn dhi.

Tha 'n t-iasg cho fiachail 's bha riamh an sàile
'Tighinn gu t'iochdar bho bhial an làin ann,
'S an t-allt bho d' chliabh a dol sìos gu tràigh ann,
'S am breac nach meath e air sgiath gu bhràighe.

Ged tha e fiadhaich 's deagh sgiath gu snàmh air,
Cha ruig e shiorruidh gu mhiann 's a' bhràighe,
Tha 'n t-seann t-slat iasgaich ag iarraidh fàth air,
'S na dubhan iarainn am biadh bheir bàs da.

Bheir long a chuain dhut a nuas a <eng>Royal-
Top gallant<gai> sguabach bha suathadh neoil leis,
Thig slabhraidh iarunn o chrìoch a sgòrnain
Le acair diorrais nach spliachd na sheòmar.

Ged thigeadh gailbhaich le fearg Æolas,
A sradadh soirbheas gu cainb a shròiceadh,
Bidh i mar dhealbh a fhuair ainm air bhòidhchead,
Fo dhion do gharbh-chrìoch gun chearb air seòl dhi.

Rug an cuan thu mu 'n d' fhuaireadh Adhamh,
An t-ugh is uaisle air uachdar sàile;
Cha'n ionann sìth dhut 's do rìghrean Fàro,
'S ann bhios tu 'd rioghachd aig rìgh na Gàilig.

BAS.

Ann am Pomona, Ontario, air a chóigeamh là de mhios deireannach an
t-samhraidh, 1903, Catriona, nighean Dhonnachaidh Mhic Mhanainn.
Rugadh i ann am Beinn-a-bhaoghla 'sa bhliadhna 1810. Bha i posda ri
Ioseph Mac Illedhuibh, agus thainig i do Chanada 'sa bhliadhna 1851.
Dh' fhàg i sianar de chloinn beo, coig deug air fhichead de dh'
oghaichean, agus da fhichead de dh' iar-oghaichean. Bha i 'na
boirionnach slàn fallain, agus chaidh i fo 'n talamh le deud slàn,
gun aon fhiacail ga dìth. Cha do chuir i glaineachan air a sùilean
riamh, agus chuireadh i snàthlein anns an t-snathaid 'nuair a bha i
ceithir fichead 'sa dha dheug. Chaochail a companach corr is ochd
bliadhna mu 'n do chaochail i féin.

[TD 112]

[Vol. 12. No. 14. p. 8]

Amhairc an So!
'san ath aireamh airson
SANAS UR
bho
<eng>The Canadian Bank of Commerce
Sydney, C. B.
P. C. STEVENSON, MANAGER.<gai>

LAOIDH.

Tha thu 'crunadh na bliadhna le d' mhaitheas.

EADAR. LEIS AN URR. IAIN MAC RUAIRIDH.

Air son do thròcair 's do ghràis,
Re gach là dhe 'n bhliadhn' a thréig,
Eisd ri 'r taingealachd le bàigh;
Athair 's a Shlànuigheir, éisd!

'N ar laigse mhoir 's 'nar cruaidh-chàs,
Carraig ar slàint'! cum sinn suas!
Stiùir ar ceum o là gu là
Ag imeachd troimh 'n fhàsach chruaidh!

Co 'nar measg a bhlaiseas bàs
Mu 'n tig crìoch air là is bliadhn'?
Cum-sa suas e, 'Dhé nan gràs,
'S aig uair a bhàis bi 'g a dhion!

Cum sinn dìleas, cum sinn naomh,
Cum sinn ri do thaobh gu dlùth!
Thoir dhuinn foighidinn maraon,
'S deònaich do gach aon dhinn crùn!

Mar sin bheir sinn dhutsa shuas
Moladh buan air clàrsaich òir,
Dhutsa, 'Thriath a tha bith-bhuan,
'Rìgh nan rìgh 's a Thighearn' na glòir!

ORAN DO DH' FHEAR HUSABOST.

LE IAIN MAC LEOID.

Cha 'n 'eil mo chainnt ach gann leam
Gus mo rann a chur an ceòl,
Do 'n phrionns' a th' air na h-uachdarain
'Tha 'n Eilein uain' a Cheò;
Tha m' inntinn leis na chuala mi
'Toirt gluasad do mo mheòir,
Mu 'n òganach 'tha 'n Hùsabost,
'S a chliù air feadh gach mòid.

Cha tomhais bàrdachd d' uabhar,
Ged is suairc thu na do dhòigh:
Bha coir agad le dualchas
Air do bhuidhean a bhi mòr;
'S ard a chraobh o'n bhuaineadh tu,
Bu luachmhor h-uile pòr,
Bho shinnsireachd tha uaisl' annad
Nach fuadaichear as d' fheòil.

Mar tha gach buaidh a dòrtadh ort,
Bha còir agad bhith treun,
'S deas do phearsa mhòralach,
Gun fhòtas fo 'n a ghréin,
'S maiseach thu ri sealltainn ort
Air cabhsair no air féill,
'Nuair bhios na h-uaislean 'campachadh,
'S tu 'n ceannard am measg cheud.

Cha 'n 'eil uachdaran an stàit',
O Loch a Bhàigh gu Rudha Shléibht,
Cho gibhteil riut an tàlantán,
'S do chliù cho àrd da réir;
Is iomadh maighdeann airgiodach
Tha 'n Alba, glan 'na beus,
Do 'm biodh an saoghal sòlasach
Le pòsadh riut le cléir.

Ged is fìor dhuin'-uasal thu,
Le dualchas agus còir,
'S tu caraide nan truaghanan,
Cha dean thu uail a pròis:
Tha d' ionnsachadh 's do ghluasad,
Air an tuath no 'm baile mòr,
Ni 's airde na na h-iarlachan,
Nach iarr ach cluich is ceòl.

'Nuair theid thu mach a shealgair eachd
Do gharbhach nam beann àrd,
Co tha 'n diugh cho dearbhte riut
Gu earb a chur gu bàs?
Bidh do mhial-choin ionnsaichte
'G am fliughadh ri do shàil,
Gus an leig do ghunna dùbailt
As am fùdar nach dean dàil.

Ged tha do ghaisge anamhuineach,
Na 'n lasadh d' fhearg le càs,
Tha aoigh is ciùin a Chrìosdaidh ort
Ri t' iochdarain a ghnàth,
Tha ùrnuigh bhochdan lionmhor dhut
'Nuair thig crìoch do là;
Gu 'n toir Rìgh na diadhaidheachd
Airson gnìomh dhut cathair àrd.

Na 'm faighinn-sa dhut ni' iarratas,
Cha bhiodh na dh' iarrainn gann:
Dheanainn diuc no morair dhiot
Cho ainmeil 'sa bhiodh ann;
Bhiodh gearasdan le arm agad,
Gu 'n cuirt' an ainm do 'n Fhraing,
Le d' ghillean a tha calma,
'S cuip na h-Alb' aig do chomannd.

Cha 'n iognadh ged a dh' éirich leat
Gach éifeachd agus buaidh,
'S i achaine nan daoine dhut
Gu 'm bi do shaoghal buan.
Fhir a theid gu m' dhùthaich
Thoir mo dhùrachd thar a' chuan,
Gu Maighstir Neacail Hùsabost,
A thoilleas cliù mo dhuain.

ORAN

Mar gu 'm b' ann eadar bàrd agus màgan.

FONN—"Smeòrach Chlann Domhnuill."

AM BARD.

Fàilt' ort fhéin, a chreutair ghasda,
'S tu leat fhéin fo gheug an tasgaidh;
Bho 'n chaidh Eirionnaich air astar,
C'àit bho'n ghréin an d'fhuair thu faspadh?

AM MAGAN.

'S ann 'sa phòn so thogadh mise,
'Nuair bha mi òg a lòn cha tiginn;
Le m' cheann tiugh mòr, 's mo shròn cho sligheach,
'S <eng>shape<gai> mo spòig; cha chòrdadh sid ruibh.

AM BARD.

'S fear mi-fhein tha tighinn an taobh-sa,
Thoir dhomh sgeula mu na daoine,
An gnàths 's am beusan a thoirt saor dhomh;
'S creid bhuam fhéin nach téid a' chluinntinn.

AM MAGAN.

Is rud an innse sin nach toil leam,
Cha robh mo shinnsre riamh ann coireach;
Ach bi dìleas anns gach coinneamh,
'S ni mi 'n fhèirinn dhut gu soilleir.

'S e duine còir a th' ann a Harridh,
'S an Iain Mooren a tha thall ud;
Na fir òga dh' òladh drama,
Ni sibh còrdadh còmhla ro mhath.

'S e duine dìreach th' ann an Dàibhidh,
Tha e firinneach 's e pàrtach;
Ceil gach ni dhe sin air càch,
Gur fheairrd an tir mur till ann Tearlach.

'S e àite snàmh a bha 'n so aon uair,
Cho math am Màbu cha robh ri fhaotainn;
Ach bho 'n àm sin rinn e caochladh,
Tha e làn de chnàmhan chaorach.

'Nuair thigeadh oirne blàths na gréine,
'S sinn a' snàmh air feadh a chéile,
Thigeadh claigionn as na speuran,
'S tric a spad e fear dhe 'n treud oirnn.

Rinneadh an t-òran so le Aonghas Domhnullach, Aonghas mac Alasdair.
Bha e a fuireach aig an Amhainn a Deas am Mabù.

ANNS AN STOR UR
LE STOC MOR DE DH
Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula
ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE
air Sraid Shearlot.
<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

Tha sinn
A CREIC A MACH AR STOC IOMLAN
de dh'
Airneis 's de Bhrait-Urlair
air na chosd iad.
<eng>Gordon & Keith,
A. T. Grant, Manager<gai>
350 Sraid Shearlot, Sidni, C. B.

<eng>Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na
treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a.
m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m.,
'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

[Dealbh]
A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.
J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prisean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.
M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.
<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c.; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

Bathar Cruaidh

Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

Mac-Talla.
Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.
Bliadhna, \$1.00
Tri Miosan, .30
Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26, no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 113]

[Vol. 12. No. 15. p. 1]

MAC-TALLA.

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, IANUARIDH 22, 1904. No. 15.

Tha mu choig ceud de mhuinntir Chanada toileach gabhail an arm Iapan cho luath 'sa thòisicheas cogadh eadar an dùthaich sin is Ruisia. Thatar ag radh co-dhiu nach urrainnear an gabhail, nach ceadaich riaghailtean Iapan do choigrich a bhi na'n saighdearan dhi. Mur eil so fìor, agus gu'n gabhar na Canadaich, faodaidh gu'm buailear a mhor chuid dhiù leis an aithreachas nuair a chi iad am biadh air a bheil Iapan a beathachadh nan saighdearan-<eng>rice<gai> agus iasg tiormaichte. Tha eagal oirnn nach b' fhada chumadh ar luchd-dùthcha suas cogadh no sìth air biadh dhe'n t-seòrsa sin.

Tha fios a thainig á Lunnuinn Di-sathuirne s'a chaidh ag radh gu'n cuir Breatunn grad bhacadh air cabhlach-chogaidh Ruisia ma dh' fheuchas i ri tighinn troimh chaoil Dardanelles. Tha moran shoithichean cogaidh aig Ruisia air a Mhuir Dhuibh, ach cha'n eil còir aig soitheach cogaidh a bhuineas do dùthaich sam bith a dhol troimh na caoil a tha ceangal na mara sin ris a Mhuir Mheadhon-thireach. Ach aig Ruisia 's ann a bhios a chòir mar a chumar i. Tha e ro choltach gu robh deagh bharaill aig an riaghladh Bhreatunnach gu robh fa-near dhi a cuid shoithichean a chur troimh na caoil gu cuan mor cho luath 'sa bhristeadh cogadh a mach eadar i-fein is Iapan. Bheir bacadh Bhreatuinn an cothrom sin uaipe, agus cha bhi i cho buailteach air buaidh fhaotainn air Iapan nuair nach urrainn dhi a cabhlach gu h-iomlan a chur a dh' obair.

A leigeadh fhaicinn na dòigh a tha cuid de na Gàidheil a gabhail a chumail beò na Gàilig bheir sinn do ar leughadairean litir bheag a rainig sinn maduinn Di-luain s'a chaidh. Tha sinn duilich a bhi againn ri innse gu'n deach a sgrìobhadh anns an t-seann dùthaich-air a Ghàidhealtachd.

FHIR-DEASACHAIDH-Tha mi aig an àm so ann an dùthaich 'sam faigh mi gu leòr de leughadh Gàilig, agus air an aobhar sin tha mi cur romham gu'n sguir mi ghabhail MHIC-TALLA. Tha mi 'smaoineachadh gu bheil mi pàidhte dh' ionnsaidh na bliadhn' ùire so. Is mi, &c."

Na'm bitheamaid an dùil gu robh am fear so na aonar, cha chuireamaid a litir an clò; ach tha fios is cinnt againn gu bheil a sheòrsa lionmhor. 'S e iad a bhi cho lionmhor 's a tha iad is coireach leabhraichean Gàilig a bhi cho gann. Gheibh ar caraid gu leor Gàilig ri leughadh as eugmhais MHIC-TALLA; 's esan a gheibh sin. Gabhaidh e gach leabhar Gàilig a tha 'san sgìreachd an iasad, fear m'a seach. Dh' fhaodte gu bheil deich no dusan bliadhna air dhol seachad o'n cheannaicheadh am fear a's ùire dhiù, ach nach fhaod esan a bhi coma co-dhiù, 's e faighinn a leòr leughaidh. Ach ma dh' fhàsas an òigridh coma de'n cànan, 's ma theid i mar sin á cleachdadh, crathaidh am fear so a cheann 's thig gruaim air aghaidh leis an tuig sinn gu bheil na Gàidheil gu h-iomlan a dol bhar an dleasanais, agus gu bheil esan, eadhon esan na 'aonar, a deanamh a dhìchill air bhi cumail suas cainnt agus cliù a shìnsir.

Tha ceann a tuath Africa air àiteach le Arabaich, agus chithear na'm measg an diugh dòigheannan is cleachdaidhean a bha aig an sinnsir ri linn rìgh Haron al Raschid, mu'm bheil sinn a leughadh 'sna sgeulachdan Arabianach. Tha an sluagh a' caitheamh am beatha gle shocair, a tighinn beò air biadh simplidh fallain, agus a cosg an aon seors' aodaich 's a bha'n athraichean. Tha cuid dhiu a ruigheachd aois mhor; cha'n ainneamh an ni tachairt air duine tha bho sheachd gu ochd fichead bliadhna dh' aois. Cha bhithear a' gabhail ioghnadh sam bith mu aois duine gus an teid e thairis air ceud gu leith bliadhna. Nuair tha duine trì fichead 's a deich

aidichear nach duin' òg e na's fhaide, ach cha tòisichear ri urram na h-aoise thoirt dha gus am bi e dlùthachadh ris a cheud bliadhna. Eadhon an uair sin cha'n ionann an t-urram a bheirear dha 's a bheirear dhaibhsan a tha thairis air a cheud 's a tha fhathast slàn fallain. Bheir a bhi leughadh mu'n t-sluagh fhad-shaoghalach so gu 'r cuimhne an aois mhor a bha air a ruigheachd le daoine an ceud linn-tean ar n-eachdraidh, nuair bha daoine caitheamh am beatha cho nadarra agus cho saor bho easlaintean 's bho theas-chabhaig an latha 'n diugh 's nach robh moran dhiu air an cur fo'n fhòd gus an robh iad thairis air seachd, ochd, is eadhon naodh ceud bliadhna.

Cha robh an saoghal riamh as eugmhais luchd-fiosachd no faisneachd, cuid gun teagamh na'm fàidhean firinn, ach a mhor chuid na'm fàidhean bréige. Tha na fàidhean bréige a bharrachd air bhi na's lionmhoire, gu math na's buaine na'n fheadhainn eile. Tha iadsan a bhios ri fàisneachd fhìrinneach air an clachadh no air am pianadh gu bàs air aon dòigh no dòigh eile; ach na fàidhean breige, tha iad a riugheachd aois mhor, agus a' fàgail ginealach lionmhor a leanas air an fhàisneachd na'n deigh. Cha'n eilear ag radh gur daoine ro-aingidh no ro-olc iad-na'm b' eadh bhiodh ionnsuidh air a thabhairt roimhe so air cùram a ghabhail dhiù-ach is daoin' iad a tha fìor dhraghail do 'n t-saoghal. Bidh cuid dhiu a' deanamh fiosachd mu 'n t-side, cuid mu sgiorraidhean 's mu thachartasan mora tha gu àite ghabhail an caochladh chearnan, agus cuid eile tha cho dalma 's gu 'n cuir iad an geill gur aithne dhabh c'uin a thig crìoch air an t-saoghal. Bhitheamaid deònach cur suas leis na mìltean do-àireamh a bhios ri fiosachd mu'n t-side-tha iad sin ro-chàirdeach dhuinn fein agus cha dean e math a bhi tuilleadh is trom orra-ach b'e ar dùrachd dealachadh riuthasan d'an ceaird is obair a bhi daonnan ri fiosachdan mu sgiorraidhean 's mu ghnìomharan oillteil a tha gu tachairt, agus mu la deireannach an t-saoghail. Aig an àm so tha reuladairean 'san Fhraing a' cur moran uilc air mhanadh do'n bhliadhna 1904. Ma's fìor dhaibh tha aimhreit mhor ri bhi eadar na Stàidean agus a' Ghearmailt, trioblaid o luchd-ceannairc anns an Spàin, call do Bhreatainn ann an Thibet, ionnsuidh air beatha Sàr Ruisia 's Riaghlair nan Stàidean, murt is marbhadh, call beatha 's call airgid ann an iomadh àite, 's crìthean-talmhainn ann an àite no dha. Cha'n eil teagamh nach robh iad air la a bhreitheanais a shuidheachadh air a bhliadhna so cuideachd mur b'e gu bheil an t-eagal orra fein roimhe. Theid a bhliadhna seachad gun mhoran dhe'n fhàisneachd so fhaicinn air a coilionadh, ach aig toiseach na h-ath bhliadhna bidh iad a cheart cho deiseil gu fàisneachd ùr a dheanamh 's a bha iad aig toiseach na té so. Tha aon ni ri thoirt fa-near, 'se sin nach eil na reuladairean Frangach so a' cur olc no sgiorrachd sam bith air leith d' an dùthaich fein; tha na droch nithean a tha tighinn ri bhi air an roinn air dùthchannan eile. Tha atharrachadh riaghlaidh ri bhi aig an Fhraing, ach ma's call sin tha e ri bhi air a dheanamh suas le breith leinibh a tha gu bhi na 'latha 's na linn fein cho iomraiteach ri <eng>Joan of Arc.<gai> Có nach cual' iomradh air a chaillich a bha 'g aisling air a dùrachd? Cha chuir reuladairean na Frainge cùram sam bith air daoine glìce le'n cuid fiosachd. Cha'n eil iad na's fiosraiche mu nithean a tha gu tachairt na tha sinne mu shìde na seachduin s'a tighinn. Faodaidh iad deagh

amas a dheanamh an rud no dha ach 'se sin fhein na bhios ann.

Tha daoine tha 'gabhail orra bhi fiosrach mu bharailean sluaigh Newfoundland ag radh gu bheil iad a' creidsinn nach ruith moran ùine gus an aontaich iad a dhol a stigh ri Canada. Roimhe so bha an àireamh bu mhotha dhiu gu mor an aghaidh gnothuch sam bith a ghabhail ri riaghladh Chanada, ach a reir sgeul na feadhach a dh' ainmicheadh tha iad ag atharrachadh am barail. Bu ghasda 'n gnothuch e gach mìr de dh' fhearann Breatunnach a tha 'n ceann a tuath America a bhi air aonadh fo'n aon riaghladh. Bhiodh e na bhuanachd mhor do Newfoundland a crannchur a thilgeadh cuide ri Canada; bhiodh e na bhuanachd nach bu bheag do Chanada cuideachd. Cha robh muinntir Newfoundland riamh na b' fhaide 'n aghaidh aonadh ri Canada na bha muinntir Nobha Scotia nuair chaidh an t-aonadh a dheanamh anns a bhliadhna 1867. Bha iadsan a bha leagta ris anns an roinn so air an cur sìos mar naimhdean do 'n dùthaich. Gidheadh tha eachdraidh nam bliadhnachan a shiubhail uaithe sin a' nochdadh gu soilleir gu robh soirbheachadh air Nobha Scotia anns an aonadh nach b' urrainn a bhi oirre na'n robh i air fuireach mar a bha i roimhe sin, leatha fein. Tha e ri chreidsinn

[TD 114]

[Vol. 12. No. 15. p. 2]

gu'm biodh an ceart ni fìor a thaobh Newfoundland, gu'm biodh soirbheachadh air an eilein sin mar aon de roinnean Chanada nach robh air riamh fhad 's a dh' fhan e 'na aonar.

Naidheachdan.

Tha Comhairle na Siorrachd na suidhe o'n dara la deug. Cha 'n 'eil moran nithean ùra no annasach f'an comhair, ach tha cùisean air feadh na siorrachd glé shoirbheachail.

Chaidh soitheach-smùide, an "Clallam" a long-bhristeadh faisg air <eng>Seattle, Wash., <gai> air an deicheamh la de 'n mhios, agus bha leth-cheud is aon duine dhe na bh' air bòrd air an call.

Bha fear Uisdean Mac Gille-Mhaoil a chuireadh an greim air-son bristeadh a stigh do stòr ann am Bridgeport air fhaotainn ciontach 's air a chur do'n tigh-obrach. Tha e ri bhi ann gu ceann sheachd bliadhna.

Tha moran fiabhruis ann am baile-mor Montreal aig an àm so air tàille droch uisge. Tha an sluagh a nis air an comhairleachadh gun boinne uisge ol gun a ghoil an toiseach. Marbhaidh an goil na meanbh-chreutairean a tha 'g aobharachadh an fhiabhruis.

Bha làn dhùil aig moran gu robh taghadh gu bhi ann air-son na h-àrd-phàrlamaid air an earrach so. Tha e coltach co-dhiù nach eil an

taghadh gu bhi ann gu meadhon an t-samhraidh. Tha a phàrlamaid air a gairm gu bhi cruinn air an deicheamh la de'n Mhàrt.

Chaidh Gearmailteach d' am b' ainm Johnson a mharbhadh an aon de mhèinnean Ghlace Bay air an dara la deug. B' ann le gual a thuit as a mhullach a chaidh a mharbhadh. Bha e da fhichead bliadhna dh' aois, agus na dhuine singilte. Bha e 'g obair 'sa mhèinn o chionn da bhliadhna.

Thug buidheann de'n arm Bhreatunnach buaidh mhor air armailt de na <eng>Dervishes<gai> ann an Somaliland. Bha iad mu chòig mìle 'n àireamh agus na Breatunnaich mu thri mìle. Chaidh mu mhìle de na <eng>Dervishes<gai> a mharbhadh. Cha d'rinneadh ach call beag air taobh nam Breatunnach. Cha'n 'eil Breatunn ach glé ainneamh saor o chogadh. Tha cuid diù mu nach cluinnear moran gus am bi iad seachad, ach tha gach cogadh beag a bhios air laimh aice a' meudachadh a cuid fearainn 's a cuid iochdaran.

Bha an da phairtidh o chionn mìos no dha ag ullachadh air-son taghaidh. Ann an àireamh nach beag de na sìorrachdan bha na daoine tha gu ruith taobh air thaobh air an ainmeachadh, ach a nise cha chuirear feum orra sin gu uaireigin 'san t-samhradh. Ann an Ceap Breatunn a deas bha an Dotair Uilleam Mac Aoidh air ainmeachadh leis na <eng>conservatives,<gai> agus Alasdair Johnston leis na <eng>liberals.<gai> Ann an sìorrachd Richmond dh' ainmich na <eng>liberals<gai> Donnachadh MacFhionnlaidh. Gabhaidh an da thaobh a chùis air an socair a nis gus an deigh sgaoileadh an tìghe.

Chaidh fear Micheal MacFhionghain a mharbhadh ann am mèinn Bhrìdigeport Di-mairt an dara la deug dhe'n mhios. Bha e aig obair nuair a thuit meall guail air a ghrad mharbh e. Bu mhac e do Iain Mac Fhionghain air Rathad Bhrìdigeport, agus b'e an treas mac a thugadh air falbh an taobh a stigh de dh' ochd mìosan deuga. Cha robh e ach coig bliadhna fichead a dh' aois. Thatar ag obrachadh na mèinne so o chionn corr is da fhichead bliadhna agus b'e so an ceathramh bàs a chaidh aobharachadh innte le sgiòrradh. Bu bhalaich òga an triuir a chaidh a mharbhadh roimhe so.

Thachair sgiòrradh aig <eng>Sydney Mines,<gai> feasgar Di-haoine s'a chaidh, leis an deachaidh dithis dhaoine mharbhadh agus triuir eile a dhroch leòn. Bha iad air sgàlan àrd a' togail leacan iarunn dh' ionnsuidh an luchd-obrach aig fear de na fùirneis. Bhrìst an t-slabhraidh agus thuit an leac a bha iad aig an àm a' togail, a' dol troimh'n sgàlan 's ga'n leagail uile gu làr. Bha aon duine, Frangach d' am b' ainm Ioseph Ehrn, air a ghrad mharbhadh, agus chaochail fear eile, Seumas Colburn, maduinn an ath latha. Bha triuir eile air an leon gu dona, agus fhuair aon fhear de'n chuideachd as gun dochann sam bith. B'e so a cheud sgiòrradh a thachair timchioll nam fùirneis so o'n thòisicheadh ri 'n togail.

O'n thoisich an imrich as na Staidean do Chanada tha mu thri mìle tuathanach air tighinn thar na crìche. B' fhiach an cuid imrich mu fhichead muillion dolair. Tha muinntir nan Staidean an iar an deigh fhaotainn a mach gur ann air taobh Chanada de'n chrìch a tha "tir a'

gheallaidh.”

Air a bhliadhna 'n uiridh bha 8,976 murt air a dheanamh anns na Stàidean. Dhiùsan a bha ciontach de 'n àireamh mhor mhurt sin, cha deach a chur gu bàs laghail ach sia fichead 's a tri. Cha 'n ioghnadh droch-bheairt a bhi 'dol am meud nuair nach eil na ciontaich air am peanasachadh.

Fhuair Sir Wilfrid Laurier fios bho Seddon, Priomhair New Zealand, ag iarraidh gu'n cuireadh Canada an aghaidh a bhi 'gabhail Shineach mar luchd-obrach ann am mèinnean Africa mu dheas. Fhreagair Sir Wilfrid gu'm bu chùis sin a bhuineadh do Africa mu dheas, agus ris nach gabhadh Canada gnothuch sam bith. Bha so na fhreagradh glic, dìreach a reir comhairle clag sgàin: “An rud nach buin dhut na bean dha.”

Litir a Riplidh, Ontario.

A DHEASAICHE IONMHUINN—Bliadhna mhath ùr dhuibh agus do uile luchd-leughaidh a MHIC-TALLA. Is math a fhuaras sibh fein agus na h-uile a tha g'ar cuideachadh le'm pinn 's le 'n cuid air son comasan litreachais agus soirbheachadh a MHIC-TALLA anns na bliadhnachan a chaidh seachad. Is feairde na h-uile a leugh ur comhairlean glìce anns a MHAC-TALLA ro 'n fhear mu dheireadh. Tha aig gach bliadhna a sgeul féin ri innseadh air “daoine a' cur ruinn an cùl” agus mar sin is e gliocas gach neach a bhi ullamh.

Tha sinn anns a chearn so de Chanada air moran de stoirmean fhaotainn o'n thainig an geamhradh. Cha'n fhacas o'n 's cuimhne le daoine barrachd de shneachda. Tha e cho àrd ris na h-uinneagan againn. Tha biadh gu leòr aig duine 's ainmhidh ach tha an connadh anabarrach daor. 'S bochd nach robh coille an uillt mhòir no beanntaibh na h-Aimhne Meadhanaich laimh ruinn. 'S mise an té nach biodh le mo làmhan dubh gu m' uillibh le gual mar a tha iad gu tric na 'm biodh sin mar sin. 'S ann agam a tha 'm farmad ri luchd mo dhùthcha aig na Caolais Chumhang no Bheaga <eng>(Little Narrows)<gai> air son cho deiseil 's a tha 'n connadh dhaibh—'s b'e sin an connadh glan taitneach 's cha b'e 'n gual dubh granda a tha cumail obair rium a' nigheadh phreisean is choireachan bho mhoch thràth gu feasgar.

Tha ar ministear ag innseadh dhomh na'n sgrìobhadh sibh gu Tiridhe gus an Urr. D. T. MacAoidh agus feòrach dheth air son gille òg na 'chothional a rinn grùnd de laoidhean agus orain Ghaidhlig gu'n cuireadh e do 'r 'n ionnsaidh iad. Chuala e fein an gille og so g' an gabhail air an t-samhradh a chaidh agus shaoil e tòrr dhiubh. Tha mi a' cur d' ur 'n ionnsaidh da dhollar an dòchas gu'n ruig iad sibh gu sàbhailte agus 's math an airidh orra sibh.

Is mise 'ur bana-charaid,
CAIRISTIONA NIC AOIDH.

AM MAC A B' OIGE.

Leis an Urr. Iain Mac Ruairidh.

CAIBIDEAL II.

BHA brathair-màthar dhomh ùine fhada ann am baile Inbhirnis. Chaidh e ann an uair a bha e 'na ghill' òg. Bhithinn gu math tric a' cluinntinn mo mhàthair a' bruidhinn m' a dheidhinn. B' ainneamh leis sgrìobhadh dhachaidh thun nan càirdean. Aig an àm 'san d' fhalbh e á taigh 'athar, dh' fheumadh daoine sia sgillinn a phàigheadh air son litir a chur do Inbhirnis as an aite 'san d' rugadh mise. Agus mar a dh' fhaodar a thuigsinn, cha robh na sia sgillinnean cho pailt ann an lamhan dhaoine 's a tha iad aig an àm so agus bha so air aon dhe 'na h-aobhair a bha 'cumail dhaoine o bhith 'sgrìobhadh gu'n càirdean cho tric 's bu chòir dhaibh. Ach bha aobhar eile ann a bha 'cumail bhràthar mo mhàthar o bhith 'sgrìobhadh gu 'chàirdean. An uair a bha e glé òg air son a dhol ann an ceann teaghlaich, thòisich e ri cur roimhe gu 'm pòsadh e. Cha robh mo sheanair, no mo sheanamhair, no a h-aon sam bith eile dhe na càirdean, air son dha iomradh a thoirt air a' leithid de ghnothach gun tùr, gun choltas. Cha robh e ach mu fhichead bliadhna aig an àm, agus cha robh taigh, no fearann, no rud sam bith eile aige. Ach b' e 'n t-aobhar bu mhò a bh' aca an aghaidh dha pòsadh, nach robh an té a bha e toileach a phòsadh, ged a bha i bòidheach, glan, sgiobalta gu leor, o dhaoine cho measail 'sa bh'anns an àite. Bha e air fhàgail air cuid dhe na daoine o'n d' thainig i, gu 'n robh iad, mar a theirteadh 's an àm ud, glé fhad-lamhach; sin ri ràdh, gu 'n tugadh iad leotha rudan nach buineadh dhaibh. Is tric a bha mi 'smaointean air na briathran a labhair mo sheanair, an uair a chual' e gu'n robh bràthair mo mhàthar ag iarraidh gu pòsadh: "An uair a thig an t-àm dhut pòsadh a laochain, tha mi 'n dòchas gu 'n toir thu eun á nid ghlain, agus nach smaoinich thu gu bràth tuilleadh air eun a thoirt á nead a' chlamhain."

Cha duirt mo sheanair an corr ris, agus cha mhò a thug bràthair mo mhàthar freagairt dha, ged a bha e aig an àm suidhichte gu 'm pòsadh e Mairi Bheag cho luath 's a rachadh aige air bothan beag taighe a chur os cionn a chinn.

Ach is iomadh rud a bhios daoine òga an dùil a dheanamh nach tachair gu bràth. Is ann mar sin a dh' éirich do bhràthair mo mhàthar. Cho luath 's a chunnaic e nach tugadh 'athair dha cead an té a bha e fhein a' roghnachadh a phòsadh, chuir e roimhe gu 'm falbhadh e as an duthaich. Dh' fhalbh e gu ruige Inbhirnis, agus chuir e seachad anns a' bhaile sin a chuid bu mhò dhe 'bheatha.

An ceann àireamh bhliadhnachan phòs bràthair mo mhàthar te ann an Inbhirnis. Bha i gu math na bu shinne na e fhein. Gu mi-fhortanach cha robh teaghlach aca. Agus tha e air aithris nach robh meas mor aig a mhnaoi air. Bu leatha an taigh, agus cha robh i 'g amharc airsan ach mar sheirbhiseach. Cha chualas e-fhein riagh ag ràdh nach robh e toilichte leis a' phòsadh a rinn e. Ma bha no nach robh e toilichte, chum e air fhein e. Ach chualas fathunn mu dheidhinn mar

a bha na coimhearsnaich a' bruidhinn eatorra fhein m' a dheidhinn. Is e, "am fear a bha fuireach ann an taigh bean Eoghainn," a theirteadh gu cumanta ris. A reir mar a chualas, cha robh e 'gabhail mòran gnothaich ri rud sam bith a bhuineadh do 'n taigh, ged a b' e fhein, le còir 's le ceart, fear an taighe.

An uair a bha e 'na fhior sheann duine, thainig e air chuairt do 'n dùthaich, ged a bhòidich e, an latha 'dh' fhalbh e á taigh 'athar nach tilleadh e gu bràth gus an tigeadh e dh' iarraidh Mairi, mar a bha e 'n duil a dheanadh e an uair a dh' fhalbh e. Is dòcha gu 'n robh e air tighinn g' a h-iarraidh nan d' fhan i a bheag a dh' ùine gun phòsadh. Ach an uair a fhuair Mairi tairgse

[TD 115]

[Vol. 12. No. 15. p. 3]

pòsaidh, cha robh guth no iomradh aice air Eoghainn. Tha e air aithris gu 'n robh Eoghainn suidhichte gu'm pòsadh e i gus an cual' e gu 'n do thòisich i ri deanamh suas ri fear eile cho luath 'sa dh' fhalbh e as an dùthaich.

Bha e leith-bhliadhna anns an dùthaich a' cur seachad na h-ùine ann am measg nan càirdean. Bha e mios dhe 'n ùine sin anns an taigh againne. Bhithinn-sa 'na chuideachd, faodaidh mi radh, o àm èirigh gu àm laidhe. Bha e 'na sheann duine cho fiosrach, cho glic 'na chomhradh, agus cho tùrail anns gach dòigh ri duine a thachair riamh rium. Bha cuimhne anabarrach math aige, agus dh' innseadh e na naigheachdan lionmhor a bh' aige ann an dòigh cho soilleir 's cho taitneach 's nach b' urraìun duine gun a bhith 'na chuideachd.

O nach fhaca mise baile mòr riamh, bhithinn gu math tric a' feòrach dheth mu 'dheidhinn iomadh rud dhe na bhithinn a' leughadh mu thimchioll nam bailtean mòra, agus suidheachadh nan daoine a bha 'nan comhnuidh annta. Agus thug na bha e 'g innseadh dhomh orm gu 'n do thòisich mi ri smaointean nach robh dad a b' fhearr dhomh na togail orm gun dàil agus a dhol do 'n bhaile mhòr. Bha mi anns an àm a' toirt orm fhin a chreidsinn gu 'n rachadh agam air m' fhortan a dheanamh anns a' bhaile mhòr ann an ùine gun bhith fada.

Beagan mu 'n d' fhalbh bràthair mo mhàthar as an taigh againn, o 'n a bha mi air fàs gu math dàn' air, thuirt mi ris gu 'n robh fìor thoil agam a dhol do 'n Ghalldachd, agus dh' fheòraich mi dheth, an rachadh aige air àite math fhaotainn dhomh ann an Inbhirnis.

Bha e greis 'na thosd, ach mu dheireadh thuirt e: "Ma ghabhas tu mo chomhairle-sa, fanaidh tu far am bheil thu gus am bi thu na's sinne, na's treise, agus na's glìce na tha thu. Cha 'n 'eil thu fhathast làidir gu leòr gus a dhol gu cruaidh-chosnadh. Agus ged a ni thu sgriobhadh is leughadh is cunntais cho math ri h-aon sam bith a th' anns an sgoil maille riut, cha 'n 'eil do Bheurla cho math 's a dh' fheumadh tu ann am baile mòr sam bith. Tha mi 'creidsinn gur gann a gheibheadh tu de thuarasdal mar chléireach na chumadh biadh riut,

gun ghuth a thoirt air do sheòmar a phàigheadh, agus thu fhein a chumail ann an aodach mar a dh' fheumadh do leithid. Cùmhnich thusa nach ann air aran is bainne, agus air buntàta 's iasg a dh' fheumas tu tighinn beò ann am baile mòr sam bith. Cha bhi meas aig do mhaighstir ort mur cùm thu thu-fhein gu grinn, glan. Mur bi meas aig duine air fhein, cha ruig e leas dùil a bhith aige gu 'm bi meas aig daoine eile air. Agus their mi so riut: am feadh's a dh' fheumas tu an aire mhath a thabhairt nach dean thu ana-caitheamh air do chuid airgid, co dhiubh 'choisneas tu e le do shaothair fhein, no gheibh thu e o dhaoine eile, thoir do cheart aire nach bi thu spiocach, oir cha bhi meas aig duine sam bith ort. Mar a thuirt duine glic, tuigseach riumsa, an uair a dh' fhalbh mi as an dùthaich: "Na chùmhnas tu ann an airgid, caillidh tu ann am meas."

Bha mi gu mòr air mo mhealladh anns an àm an uair a chunnaic mi nach d' thug bràthair mo mhàthar misneach sam bith dhomh gu falbh as an dùthaich. Cha robh mi idir a' tuigsinn c' ar son nach d' thug e misneach dhomh. Bha mi uine roimhe sid 'g am dheanamh fhin cinnteach gu' n tugadh e leis mi gu ruige Inbhirnis, agus, mar a theirteadh, gu'n deanadh e duin' uasal dhìom. Ach thuig mi 'na dheigh sid, ged a bhiodh e araon deònach agus comasach air duin' uasal a dheanamh dhìom, nach leigeadh a bhean leis; oir an uair r dh' eug i, dh' fhàg i a h-uile bonn a choisinn esan gu dìchiollach, agus a bha i-fhein a' cùmhnadh gach seachdain, aig a càirdean fhein.

Bha mi iomadh uair a' smaointean gur ann aig m' athair 's aig mo mhàthair bha 'choire nach d' thug e misneach dhomh gu falbh as an dùthaich. Gun teagamh sam bith bha mi òg gu leòr gu falbh air m' urradh fhin do 'n Ghalldachd. Agus aig an àm ud bha daoine a' gabhail barrachd de dhragh-inntinn 's de dhuilichinn an uair a rachadh an càirdean do Ghlasacho, no do Dhuneidionn, na ghabhas daoine an diugh an uair a theid an càirdean do na cearnan a's iomallaiche dhe 'n t-saoghal. Bhiodh eagal air iomadh màthair is athair aon dhe 'n cloinn a leigeadh as an sealladh na's lugha na ghabhadh iad fastadh aig maighstir dlùth do laimh. Agus o 'n a bu mhise b' òige dhe 'n teaghlach, bha eagal air a h-uile aon a bha staigh gu 'n éireadh beud dhomh nam falbhainn do 'n bhaile mhòr. Air an aobhar sin cha 'n fhuilingeadh iad dhomh guth no iomradh a thoirt air falbh gu Galldachd.

An latha 'bha bràthair mo mhàthar a' falbh, chomhairlich e dhomh an aire mhath a thoirt air gach obair a gheibhinn ri dheanamh anns an sgoil gu ceann bliadhna, agus gu sònraichte a h-uile leabhar a gheibhinn a leughadh gu cùramach. Agus gus misneach a thoirt dhomh, gheall e gu 'n cuireadh e paipear-naigheachd g' am ionnsuidh a a h-uile seachdain. Agus rinn e mar a gheall e.

Thug leughadh a' phàipear toileachadh mòr dhomh, agus cha b' ann dhomhsa mhain, ach mar an ceudna do 'n àireamh bu mhò dhe na coimhearsnaich 's dhe 'n luchd-eòlais. Fad a' gheamhraidh 'na dhéigh sid, bhiodh làn an taighe de dhaoine anns an taigh againn a h-uile oidhche ag éisdeachd nan naigheachdan a bh' anns a' phàipear, Anns an àm bha cogadh a' dol air aghart, agus ged nach robh na naigheachdan aon chuid cho fada no cho mòr fiosrachadh ris na

naigeachdan a tha sinn a nis a' leughadh mu chogadh bha iad air an leughadh, agus air an aithris o bheul gu beul, le aire agus le cùram a chuireadh ioghnadh air daoine air an lath' an diugh.

Mu 'n deachaidh an geamhradh seachad, dh' fhàs mo mhàthair seachd sgìth de leughadh nam pàipearan. Bhiodh am taigh cho làn de luchd-céilidh 's nach fhaigheadh i air aghart le snìomh 's le càrdadh cho math 's bu mhath leatha.

CAIB. III.

Mu'n deachaidh an ath shamhradh seachad, bha m'inntinn cho togarrach 's a bha i riamh gu falbh as an dùthaich a shiubhal an t-saoghail, agus a dh' iarraidh an fhortain. Chuir na bha mi 'leughadh 's na pàipearan mu dheidhinn na Galldachd, agus mu dheidhinn an fhortain a bha daoine 'deanamh anns na "rioghachdan thall" a leithid de bhrosnachadh air m'inntinn gu falbh as an dùthaich 's nach robh an gnothach a' dol as m' aire a latha no dh' oidhche. Thoisich mi ri cur romham gu 'm falbhainn as an dùthaich ciod sam bith mar a thachradh dhomh. Bha mi 'g am dheanamh fhin cinnteach gu 'n rachadh cùiseam leam mar nach b' olc.

Mu 'n d' innis mi do m' mhàthair gu 'n robh mi a' cur romham am muigh 's am mach falbh as an dùthaich, sgrìobh mi litir gu bràthair mo mhàthair a bh' ann an Inbhirnis agus thuirt mi ris, gu'n robh mi suidhichte gu'm falbhainn as an dùthaich, agus nan saoilleadh e gu 'm faighinn àite cosnaidh freagarrach ann an Inbhirnis, ged nach biodh an tuarasdál mòr, gu 'm b' fhearr leam a dhol ann na dhol do aon sam bith eile dhe na bailtean mòra.

Ann an ùine ghoirid fhuair mi fios-freagairt na litreach a chuir mi g' a ionnsuidh, ach ma fhuair, cha b'e taghadh na taing a thug mi dha 'nam inntinn. Tha cuimhne glé mhath agam air an staid inntinn anns an robh mi an uair a dh' fhosgail mi 'n litir. Mu 'n do leugh mi an treas cuid dhi, thuig mi nach robh i 'toirt misneach sam bith dhomh. Stob mi 'nam phòcaid i, agus thug mi an cnoc orm. Ach ma thug, cha robh m' inntinn aig fois. Chàin is mhàb mi brathair mo mhàthar thun a bhròg. Cha 'n fhaigheadh e ainm a b' fhearr uam na 'm bodach mosach, spìocach, suarach.

An uair a bha mi seachd sgìth 'g a chàineadh, thug mi an litir as mo phòcaid, agus thòisich mi ri 'leughadh a rithist. Sin an uair a thug mi 'n aire nach b'e brathair mo mhàthar a sgrìobh idir i, ged a bha i air a sgrìobhadh 'na ainm. Cha 'n 'eil teagamh agam nach e lamh-sgrìobhaidh na mna a bha ann; oir bha'n sgrìobhadh biorach mar bu ghnàth le boirionnaich a bhith 'sgrìobhadh anns an àm ud.

Ghrad ghabh mi an t-aithreachas a chionn mar a bha mi 'g àrach smaointeanan searbha, agus mi-iomchuidh an aghaidh bhrathar mo mhàthar. Ach o nach robh fhios agam aig an àm gu 'm feumadh e 'bhith cho umhail do 'n mhnaoi 's a bhiodh an luch fo spògan a' chait, bha mi 'cur barrachd coire air na bu chòir dhomh.

Bha mi iomadh lath' o'n uair ud a' smaointean air cho cunnartach 's

a tha e do dhaoine 'bhith dìteadh dhaoin' eile gus am bi iad làn-chinnteach gu 'm bheil iad ciontach. Mar a tha 'n seanfhacal ag radh: "Cha dearbhadh air duin' amhrus." Agus feumaidh mi 'ràdh, gu 'n robh mi na bu diùmbaiche dhìom fhìn, a chionn gu 'n robh mi-fhìn agus brathair mo mhàthar glé mhòr aig a chéile fhad 's a bha e 'fuireach anns an taigh againn. Thuig mi o'n uair ud gur e comhairle ghlic a thugadh orm anns an litir, ged nach do chòrd i rium.

Mar is sinne 'tha mi 'fàs is ann is soilleire 'tha e dhomh, gu 'm bheil na comhairlean cho glic 's a thugadh riamh seachad, fad' o bhi a réir beachdan agus smaointeanan dhaoine gu nàdarra. Agus tha so gu sònraichte fìor a thaobh dhaoin' òga. Tha 'n duin' òg, mar is trice, glè bhualteach air a bhith fada 'na bharrail fhein. Tha e gann dhe 'n fhoghlum luachmhor sin nach urrainn a bhith aig neach sam bith gus am bi e greis mhath a' cothachadh ri duiligheadasan an t-saoghail so. Feumaidh an duine gu nàdarra 'bhith air a dheanamh, ann an seadh aimsireil, foirfe tre fhulangasaibh, mar a bha 'n duine sin a thainig a chur eisimpleir fa chomhair sluagh an t-saoghail. Tha aig an duine, mar nach 'eil aig creutair sam bith eile anns a' chruthachadh, ris a h-uile ni a bhios feumail dha fhoghlum o'n latha 'bheirear e gus an lath' am bàsaich e.

Fhuair mo mhàthair am mach o chuid dhe na coimhearsnaich gu 'n robh mi suidhichte gu 'm falbhainn as an dùthaich gun dàil, agus mur faighinn obair a b' fhearr a chòrdadh rium, gu 'n robh 'nam bheachd gabhail anns an arm, no 'dhol gu muir. Tha e fìor gu leòr gu 'n robh e 'nam bheachd so a dheanamh, ach bha eagal orm guth a thoirt air ri duine de mhuinntir an taighe; oir bha fhios is cinnt agam nach leigtheadh air falbh as an taigh mi air a' leithid de chumhnanta. Cha bu luaithe fhuair mo mhàthair fios air an rud a bha 'nam bheachd a dheanamh na fhuair a h-uile neach a bha staigh fios air mar an ceudna. An uair a dh' fheòraich iad dhìom an robh a' leithid 'nam bheachd, thuirt mi riutha gu 'n robh. Thuirt iad uile rium gu 'm b' fhearr dhomh mo bheachdan amaideach a leigeadh as mo cheann, agus ceird a roghnachadh leis an cumainn mi fhìn suas mar a bha gu leòr eile deanamh anns an dùthaich.

Thuirt mi riutha gu 'n robh mi suidhichte nach bithinn 'nam thaillear, no 'nam ghreusaiche, no

[TD 116]

[Vol. 12. No. 15. p. 4]

'nam ghobha, agus gu 'n robh gu leòr aon saor a bhith ann an taigh sam bith.

Thuirt mo mhàthair gu 'm feuchadh iad ri marsanta 'dheanamh dhìom nan geallainn gu 'n tugainn an aire mhath air mo ghnothach.

An uair a chuala mi so bha mi toilichte gu leòr, agus leig mi as mo cheann falbh do 'n Ghalldachd.

Ann an ùine ghoirid chuir mo bhràthair fear dhe na seòmraichean a bh' anns an taigh ann an ordugh air son bùthadh. Fhuaradh dhachaidh beagan de gach seòrsa bathair a bha freagarrach air son an àite. Agus, mar a tha gu tric a' tachairt, thainig mòran de luchd-ceannaich far an robh mi. Bha cuid dhiubh aig an robh airgid 'nan laimh, agus bha cuid eile aig nach robh.

Neo-ar-thaing nach robh mi math gu leòr gu reic aig a' chunntair; ach an àm togail nam fiach cha robh feum sam bith annam. Ghealladh na droch phàighearannan mo phàigheadh aig a' leithid so 's aig a' leithid sid a dh' àm; ach mar a tha 'n seanfhacal ag ràdh, cha robh ann ach "gealltanais math is droch phàigheadh." Thuig na bha de dhroch phàighearannan anns an àite gu 'n robh mi cho bog 's cho socharach 's gu 'm faodadh iad brath a ghabhail orm. Agus rinn an àireamh bu mhò dhiubh sin; oir tha mòran dhe na fiachan gun togail fhathast, agus bithidh gu bràth.

An uair a a thigeadh na cunntaisean dhachaidh o mharsantan Ghlasacho, dh' fheumteadh am pàigheadh. Mur biodh agamsa na phàigheadh iad, bheireadh m' athair, no mo bhràthair a bha 'na shaor, airgid an iasad dhomh. Ach tha amhrus làidir agam nach do phàigh mi 'n t-iasad dhaibh mu 'n do sguir mi dhe 'n mharsantachd.

An ceann dà bhliadhna thuig sinn uile nach deanadh a' mharsantachd feum dhuinn. Tha mi 'creidsinn gu 'n do chuir i call oirnn ann an dòigh no dhà. Anns a' cheud àite, bha na fiachan a bha muigh gu math na bu mhò na na rinneadh de bhuanachd. A rithist dh' fheumadh an tomhas a bheirteadh seachad a bhith mòr. Dh' fheumadh an smèideadh a bhiodh le ceathramh an unnsa dhe 'n tì a bhith cho mòr ris an smèideadh a bhiodh leis a' chairteal tì. An uair a thigeadh bean a cheannach beagan shlatan anairt, dh' fheumadh i leith-chromadh, air a' chuid bu lugha, 'fhaotainn leis an tomhas. Agus bha gach rud eile a bha mi 'reic ri bhith air a reic anns an dòigh cheudna.

Rud iongantach, thòisich an àireamh bu mhò dhe na seana mhnathan a bhiodh a' tighinn a cheannach do 'n bhùthaidh ri sloinneadh a' chàirdeis a bh' aca ri mo mhàthair 's ri m' athair. Ma 's fhior na bha iad ag ràdh, bha iad uile anns na h-iar-oghachan dhuinn. Agus an uair a thòisicheadh iad mar so ri sloinneadh a' chàirdeis, dh' fheumteadh tì a dheanamh dhaibh. Ged nach robh mo mhàthair a' creidsinn an dàrna leith dhe na bha iad ag ràdh rithe, bu leasg leatha facal a chur nan aghaidh. Agus an uair a gheibheadh iad an tì ri h-òl, dh' fheumadh iad làn an duirn fhaotainn gus a thoirt leatha a bharrachd air na cheannaicheadh iad uamsa.

Tha aon rud sònraichte ann air an do ghabh mi beachd, agus a dh' fheumas mi innseadh mu'n tèid mi na 's fhaide air aghart le mo sgeul. Is iomadh uair a bha mi 'smaointean air o'n a thainig mi gu aois, agus tha amhrus làidir agam gu 'm bheil a' cheart leithid a' tachairt aig gach àm agus anns gach àite. B' e so e: a h-uile fear is té bu chràbhaiche na chèile, b' iad bu charaiche 'nan dòighean, agus bu mhiosa gu pàigheadh. Leis a' choltas dhiadhaidh a bhiodh orra, shaoileadh fear a b' eòlaiche air gnothaichean sluagh an t-saoghail na mise, gu 'm faoidteadh rud sam bith earbsa riutha, agus

am facal a chreidsinn. Ach air mo chosg fhin, fhuair mise 'mach nach ann ri 'm faicinn 's ri 'n cluinntinn is còir daoine ghabhail idir. Aig an àm ud, cha robh mi comasasach air dealachadh a chur eadar cràbhachd agus fìor dhiadhachd. Ach tha mi 'n diugh beagan na 's glìce agus na 's eòlaiche air nàdar dhaoine na bha mi 'n uair ud. Mar a tha 'n seanfhacal ag ràdh: "Cha deanar duine glìce ach air a chosg fhein."

Thug mi aire o'n uair ud nach 'eil seòrsa dhaoine ann a's mealltaiche na na daoine air am bheil cleòchda na diadhachd. Air sgàth deadh choslais, ni iad altachadh agus ùrnuigh na 's fhaide na daoine eile; labhraidh iad mòran mu dheidhinn iomadh gnothach a bhuineas do 'n bheatha spioradail, am feadh 's a tha iad fhein tur falamh dhi. Tha iad ann an iomadh dòigh coltach ris na Pharasaich o shean. An àite èisdeachd a thoirt le aire agus le cùram do bhriathran nan daoine naomh' a sgrìobh o shean mar a bha iad air an teagasg leis an Spiorad Naomh, is fhearr leotha geill a thoirt do bhriathran nan daoine a tha gu tric ag iarraidh an glòir fhein a mheudachadh, agus cha 'n i glòir Dhé.

Is tric a bha mi 'smaointean air dòigh nan daoine cràbhach so. Tilgidh iad dhiubh air feasgar na Sàbaid cleòca na diadhachd, dìreach mar a thilgeas iad dhiubh an deise ghrinn, ghlan a bhios orra anns an t-searmon. Anns a' mhadainn Di-luain, cha 'n aithnichear orra 'nan cainnt no 'nan gnìomh, ann an co-cheangal ri gnothaichean an t-saoghail so, gu 'n do leugh iad riamh facal an Tighearna, no gu 'n cual' iad e air a shearmonachadh. Tha iad cho gionaich gus iad fhein a riarachadh agus a shàsachadh le nithean toirmeasgte na beatha 's ged nach cluinneadh iad leughadh, no ùrnuigh, no searmon riamh. Ach 'na dhéidh so gu léir, an uair a thachras dhaibh a dhol do thaigh na trioblaid agus a' bhròin, cuiridh iad aghaidhean fad' orra fhein; ni iad osnaich is ochanaich gu leòr, agus leis na labhras iad de bhriathran cràbhach, shaoileadh daoine nach robh glé eòlach air an dòighean, agus aig nach robh ri bhith 'deanamh gnothaich riutha, nach robh daoine eile anns an dùthaich a leith cho math riutha.

(Ri leantuinn.)

Robinson Crusoe.

CAIBIDEAL VIII.

AN deigh dhuinn an stad so a dheanamh, ghabh sinn romhainn mu dheas gun stad fad deich no dusan latha. Bha sinn a' caomhnadh a' bheidh cho math 's a' b' urrainn duinn, o 'n a bha na bh' againn air bord a' fas gu math beag. Agus cha robh sinn a' dol gu tìr ach an uair a bhiodh feum againn air uisge.

Bha mi cur romham gu 'n ruiginn amhainn Ghambia, no amhainn Shenegal, sin ri radh, aiteiginn dluth air Ceap de Verd, far an robh mi 'n dochas gu 'n tachradh long rium a bhuineadh do 'n Roinn-Eorpa. Mur tachradh long rium, cha robh fhios agam cìod an taobh air an

tugainn m' aghaidh, mur feuchainn ri amas air na h-eileanan, ar neo basachadh am measg nan daoine-dubha. Bha fhios agam gu 'n robh a h-uile long a bha 'seoladh as an Roinn-Eorpa gu ruige Guinea, no 'dol do Bhrasil, no do na h-Innsibh an Ear, a' dol seachad air a' Cheap so, no air na h-eileanan. Agus a dh' aon fhacal, bha mi 'gam dheanamh fhin cinnteach, mur cuireadh am fortan long 'nam rathad, nach robh romham ach am bas an uine gun a bhith fada.

An deigh dhomh a bhith seoladh mu dheas fad dheich latha, mar a thubhairt mi, thug mi an aire gu'n robh daoine 'fuireach anns an aite. Agus a dha no tri dh' uairean mar a bha sinn a' seoladh seachad, chunnaic sinn daoine 'nan seasamh air a' chladach ag amharc oirnn. Mhottaich sinn gu 'n robh iad cho dubh ris an fhitheach, agus gu 'n robh iad cho ruisgte 's a rug am mathair iad.

Bha car de thoil agam a dhol gu tir far an robh iad; ach is ann aig Shuraidh a bha 'chomhairle a b' fhearr, agus thuirt e: "Cha teid, cha teid." Ach air a shon sin, chaidh mi cho dluth do 'n chladach 's gu 'n robh mi an aite bruidhne riutha, agus thug mi an aire gu 'n robh iad a' ruith ri cois a' chladaich, mar a bha sinn a' seoladh gu socrach air aghart.

Thug mi 'n aire mar an ceudna nach robh airm sam bith aca 'nan lamhan, ach aig aon fhear aig an robh rud coltach ri bata fada caol 'na laimh. Thuirt Shuraidh rium gur e bh' ann sleagh, agus gu 'n tilgeadh iad i air astar fada, agus gu 'n cuimisicheadh iad gle mhath leatha. Mar so, chum mi na b' fhaide air falbh o thir. Ach bha mi 'feuchainn cho math 's a b' urrainn domh ri thoirt orra a thuigsinn le bhith smeideadh orra 's a' deanamh samhraidhean le m' lamhan, gu 'n robh feum agam air biadh. Thuig iad mi, agus smeid iad orm, stad leis a' bhata gus an tugadh iad biadh ugam. Thug mi nuas an seol beagan, agus stad mi. Ruith dithis dhiubh suas an duthaich, agus an ceann leith uair, thainig iad air ais agus da phios de dh' fheoil thiormaichte aca, agus beagan dhe 'n t-seorsa grain a tha 'fas anns an duthaich. Cha robh fhios againn ciod e an seorsa bh'ann a h-aon dhiubh; ach air a shon sin, bha sinn toileach an gabhail. Ach b' i a' cheisd, cia mar a gheibheamaid air bord iad; oir cha robh mise toileach a dhol gu tir far an robh iad, agus bha iadsan a' cheart cho mor fo eagal 's a bha sinne. Ach ghabh iad doigh a bha gle shabhailte dhuinn taobh air thaobh, oir thug iad am biadh ugainn gu oir na tuinne, agus an uair a chaidh iad astar math suas o 'n chladach, sheas iad gus an d' thug sinn am biadh gu bord, agus an sin thainig iad dluth dhuinn a rithist.

Dh' fheuch sinn ri thoirt orra thuigsinn gu 'n robh sinn gle thaingeil dhaibh, oir cha robh rathad againn air dad a thoirt dhaibh mar phaigneadh. Ach fhuair sinn cothrom anns a' cheart am air comain mhor a chur orra. Am feadh 's a bha sinn dluth air a' chladach, thainig da chreutair mhora nan cruaidh dheann a nuas o na beanntan thun na mara. Bha aon diubh a' ruith an deigh an aoin eile, bha sinn a' smaointean. Co dhiubh a bha iad ri cluich, no ann am feirg, cha b' urrainn duinn a radh. Agus cha mho a bha fhios againn an robh e cumanta do chreutairean dhe 'n t-seorsa bhith ruith an deigh a cheile, no nach robh. Ach tha mi creidsinn nach robh; do bhrigh,

anns a' cheud aite, nach tric le creutairean fuileachdach dhe 'n seorsa tighinn am follais, ach air an oidhche; agus, anns an dara aite, thug sinn an aire gu 'n do ghabh an sluagh eagal mor rompa, gu h-araidh na mnathan. Theich na h-uile air falbh uapa, ach am fear aig an robh an t-sleagh.

Cha d' thug an da chreutair so suil air na daoine dubha, ach leum iad am mach air a' mhuir, agus shnamh iad mu 'n cuairt mar gu 'm biodh iad 'g an toileachadh fhein. Mu dheireadh, thoisich aon dhiubh ri tighinn gu math dluth air a' bhata, ach bha mise deiseil air a shon, oir chuir

[TD 117]

[Vol. 12. No. 15. p. 5]

mi urchair anns a' ghunna cho cabhagach 's a b' urrainn domh, agus dh' iarr mi air Shuraidh urachair a chur anns an da ghunna eile. Cho luath 's a thainig e dluth gu leor dhomh, loisg mi air, agus chuir mi am peilleir anns a' cheann aige. Chaidh e fodha anns a' mhionaid, ach ann an uine ghoirid, thainig e an uachdar, agus bha e 'dol fodha 's a' tighinn am barr mar gu 'm biodh e stri ri a bheatha 'ghleidheadh. Thug e anns a' mhionaid 'aghaidh air a' chladach; ach eadar cradh an lot bhasmhor a fhuair e, agus mar a bha 'n t-uisge 'ga thachdadh, fhuair e bas beagan mu'n d' rainig e tir.

Tha e neo-chomasach dhomh cainnt a chur air an uamhann a ghabh na creutairean bochda an uair a chual' iad fuaim na h-urachrach. Bha cuid dhiubh fo eagal cho mor 's gu 'n do thuit iad sios mar gu 'm biodh iad marbh leis an eagal. Ach an uair a chunnaic iad gu 'n robh an creutair marbh agus air a dhol fodha, agus gu'n robh mi smeideadh orra gu tighinn thun a chladaich, ghabh iad misneach, agus thainig iad thun a' chladaich, agus thoisich iad ri sireadh air son a' chreutair. Fhuair mi dhaibh e leis mar a bha 'n fhuil a' tighinn gu barr an uisge. Chuir mi ropa timchioll air, agus an uair a thug mi ceann an roip do na daoine dubha, tharruinn iad gu tir e, agus chunnaic iad gur e liopard a bh' ann, agus gu 'n robh e cho briagha 's cho ballach 's a b' urrainn a bhith. Thog iad suas an lamhan mar chomharradh gu 'n robh ioghnadh orra cia mar a mharbh mi e.

Ghabh an creutair eile eagal an uair a chunnaic e lasag an fhudair agus a chual' e fuaim na h-urachrach, agus an uair a shnamh e gu tir ruith e suas do na beanntan as an d' thainig e, agus cha b' urrainn domh a dheanamh am mach ciod an creutair a bh' ann.

Thuig mi gun dail gu 'n robh na daoine dubha 'dol a dh' itheadh feoil a' chreutair so, agus mar sin bha mi toilichte gu 'n gabhadh iad uam e mar fhabhar. An uair a leig mi ris dhaibh gu 'm faigheadh iad e, bha iad gle thaingeil.

Anns a' mhionaid thoisich iad ri 'fheannadh, agus ged nach robh na b' fhearr de sgionan aca na bioran biorach maide, cha robh iad fada a' toirt dheth a' bhein. Bha iad na bu ghiorra ris na bhiomaide le

sgionan.

Thairg iad pairt dhe 'n fheoil dhomhsa, ach cha ghabhainn i. Bha mi 'leigeadh orm gu 'n robh mi 'g a thoirt dhaibh mar ghean-math. Ach leig mi ris dhaibh gu 'n gabhainn am bian uapa; agus thug iad dhomh e gu toileach. Thug iad cuid mhath de bhiadh do m' ionnsuidh; ach ged nach b' urrainn domh a' dheanamh am mach ciod an seorsa beidh a bh' ann, ghabh mi uapa e.

An sin leig mi ris dhaibh, le aon dhe na pigeachan a chur air a bheul fodha, gu 'n robh sinn air fas gann de dh' uisge, agus gu 'm bu math leam gu 'n lionadh iad dhomh e. Ghairm iad anns a' mhionaid air cuid dhe 'n cairdean, agus an uine gun a bhith fada thainig dithis boirionnach le soitheach mor creadha, agus a bha a reir choltais air a thioramachadh le teas na greine. Chuir iad an soitheach so aig a' chladach dhuinn, mar a rinn iad roimhe, agus chuir mi Shuraidh gu tir leis na pigeachan, agus lion e na tri. Bha na boirionnaich dearg ruisgte mar a rugadh iad.

Bha nis pailteas agam dhe 'n t-seorsa beidh a thug na daoine dubha gu caoimhneil do m' ionnsuidh. Sheol mi air aghart fad aon latha deug gun dol an coir cladaich. Mu dheireadh thug mi an aire gu 'n robh am fearann a' ruith am mach do 'n chuan cho fada ri dusan no coig mile deug. Agus o 'n a bha 'n t-side ciuin, agus am muir lom shuidhich mi mo chursa air gob an rudha so mu shia mile o thir, agus thug mi an aire gu soilleir gu 'n robh fearann an taobh am muigh dhìom. Agus thuig mi gu 'm b' e Ceap de Verd an rudha mor a bh' air mo laimh chli, agus gu 'm b' e am fearann a bha mi 'faicinn air mo laimh dheis Eileanan Cheap de Verd.

Ach bha na h-eileanan so astar mor air falbh, agus cha b' urrainn domh a radh ciod a b' fhearr dhomh a dheanamh; oir na 'n eireadh a' ghaoth tuilleadh is ard, is docha nach b' urrainn domh tir a dheanamh dheth air aon taobh no taobh eile. O nach robh fhios agam ciod a dheanainn, bha mi gle dhubhach. Thug mi an stiuir do Shuraidh, agus chaidh mi do 'n chabin, agus shuidh mi. Cha robh mi fada 'nam shuidhe an uair a chuala mi am balach a' glaodhaich. "A mhaighstir, a mhaighstir, long agus seol rithe!" Bha 'm balach bochd gus a bhith marbh leis an eagal, oir bha e smaointean gur e te de loingeis ar maighstir a bh' ann a' tighinn air ar toir. Ach bha fhios agamsa gu 'n robh sinn far nach ruigeadh iad oirn.

Leum mi am mach as a' chabin, agus anns a' mhionaid chunnaic mi an long, agus dh' aithnich mi gur e long a bh' innte a bhuineadh do Phortugal, agus bha mi 'smaointean gu 'n robh i 'dol gu ruige Guinea a dh' iarraidh dhaoine dubha. Ach an uair a ghabh mi beachd ceart air a' chursa 'bha i gabhail, thuig mi gu 'n robh i dol rathad eile, agus nach tigeadh i na bu dluithe orm na bha i. Thog mi am mach ris a' chuan cho math 's a b' urrainn domh, agus chur mi romham gu 'n ruiginn iad agus gu'm bruidhninn riutha nan rachadh agam air.

(Ri leantuinn).

[Dealbh]

CRUSOE AGUS SHURaidH A' TEICHEADH A SALLEE.

Tha obair-iaruinn Londonderry air a cur a dh' obair a rithist an deigh dhi bhì na tamh còrr is seachd bliadhna. Chaidh leaghadh beag a dheanamh air an deicheamh latha de'n mhios; rinneadh an leaghadh mu dheireadh roimhe sin ann an September 1896. Tha muinntir a bhaile agus na dùthcha mu'n cuairt gle aoibhneach, agus cha 'n ioghnadh, oir thainig air iomadh teaghlach an dachaidh fhàgail nuair chaidh an obair a chur na 'tàmh.

COINNEAL.

"Cia minic a chuirear coinneal nan aingidh as?"

Ann an aon seadh, faodar beath' an duine air an talamh a shamhlachadh ri coinneil. Chunnaic sinn uile iomadh seòrsa choinnlean; agus tha fhios againn gu'm bheil cuid dhiubh beag, agus cuid eile mor. Mairidh cuid dhiubh na's fhaide na cuid eile, ach teirigidh iad uile luath no mall. Is iad an fheadhainn a's fhearr stuth dhiubh gu nàdarra a's fhaide 'mhaireas. Ach mar a tha fhios againn gu léir, bidh an ùine a mhaireas na coinnlean a réir a' cheartais a gheibh iad. Ma gheibh a' choinneal a's fhearr a rinneadh riamh droch ceartas, cha mhair i cho fad 's bu chòir dhi. Ma bhios tu 'falbh leatha air feadh an taighe le cabhaig, no ma chuireas tu i ann an àite anns am bi a' ghaoth a' cur tuilleadh 's a' chòir de dhragh oirre, cnàmhaidh i mòran na 's luaithe na chnàmhadh i na 'm biodh i air a fàgail gun charachadh ann an àite anns nach cuireadh a' ghaoth dragh sam bith oirre. Ach ciod sam bith cho math agus cho sabhailte 's gu 'm bi an t-àite anns an cuir thu i, tha fhios agad gu 'n teirig i an uair a thig an t-àm, agus nach 'eil e an comas do chumhachd air an t-saoghal a cumail beò eadhon tiotadh na's fhaide.

Faodaidh a' choinneal bheag nach 'eil air a deanamh de stuth a tha buan gu nàdarra, mairsinn na's fhaide na'n te a tha na's mò agus na's fhearr stuth na i, ma gheibh i aire mhath. Agus rud eile dheth, faodar coinneal sam bith a shéideas as le anail duine, no le oiteag làidir dhe 'n ghaoith, fada roimh 'n àm anns an tigeadh crìoch oirre gu nàdarra. Tha sinn uile 'g a thuigsinn agus 'g a chreidsinn so, agus a nis bheir sinn fa near ciod a dh' fhaodas sinn fhoghlum uaithe mu thimchioll buantas beath' an duine air an talamh. Tha mòran dhaoine anns an t-saoghal a tha 'creidsinn gu 'm bheil a h-uile neach a tha falbh as an t-saoghal, a' falbh as air a' cheart mhionaid a dh' òrdaich Dia gu 'n tigeadh crìoch air a bheatha. Cha 'n 'eil facal Dhé a' teagasg dhuinn geill a thoirt do 'n bheachd so idir. An uair a chruthaich Dia sinn, shuidhich e latha air an robh ar beatha gu tighinn gu crìch, agus thairis air an latha sin cha teid sinn. Ach ged nach d' òrdaich Dia gu 'm falbhadh daoine as an t-saoghal gus an tigeadh an t-àm a shuidhich e fhein, gidheadh, chadaich e do dhaoine am beatha fhein agus beatha dhaoine eile thoirt air falbh roimh 'n àm a shuidhich e. Cha 'n abair duine sam bith anns am bheil tur is tuigse gur e Dia a dh' òrdaich do na mortairean beatha dhaoine 'thoirt air falbh, agus cha mhò na sin a

dh' òrdaich e do dhuine sam bith lamh a chur 'na bheatha fhein. Tha dealachadh mòr eadar òrdachadh agus ceadachadh. Cheadaich Dia do'n pheacadh tighinn a steach do 'n t-saoghal, ach cha d' òrdaich e idir e.

Tha iomadh dòigh ann leis am faod daoine am beatha fhein a ghiorrachadh, dìreach mar a tha iomadh dòigh ann leis am faodar a' choinneal a chur as, ar neo a cosg ann an ùine gle ghoirid. Tha beatha dhaoine air a giorrachadh le fliuchadh, le fuachd, le biadh mi-fhallainn, le taighean mi fhallainn, le misg, le mi-bheus, agus le iomadh gné ana-miann sgriosal eile. Ach mar is trice, is fhearr le daoine a' choire 'chur air freasdal Dhé, agus air olcas dhaoìn' eile, na orra fhein.

[TD 118]

[Vol. 12. No. 15. p. 6]

Ann an seadh spioradail tha mòran dhaoine mar an ceudna, 'cur na coinnle as le mi-chùram. Theid a' choinneal as mur bi an t-àile glan anns am bi i. Agus na daoine 'tha air an cuartachadh le neo-ghlaine, le truailleidheachd, agus le iomadh olc eile, tha iad ann an seadh aimsireil agus spioradail a' basachadh beag air bheag le 'n coire fhein. "O Israeil, sgrios thusa thu-fhein, ach annamsa tha do chobhair."

"Oir an taobh am muigh tha madraidh, agus luchd-draoidheachd, agus luchd-strìopachais, agus luchd-mortaidh, agus luchd-iadhol-aoraidh, agus gach neach a ghràdhaicheas agus a ni breug."

OIDHCH' IASGAICH 'SA CHAIRIDH.

LE AONGHAS MAC FHIONGHAIN.

Air feasgar breagh foghair thainig Dòmhnall mac Eoghainn far an robh aon dhe 'choimhearsnaich, Ailean mac Dhonnachaidh, a dh' iarraidh iasaid a dh' iasg-ùir air. Thubhairt Ailean nach robh deargadh de iasg-ùir taobh a stigh a thighe bho cheann iomadh latha. B'e 'n cleachdadh 's a' Ghàidhealtachd aig an àm ud a bhi 'g iarraidh iasad de rud sam bith, mar a bha min, iasg, im, feòil, salann, tea, agus siùcar, gus am pàidheadh iad air ais e an deigh-làimhe.

Thubhairt Domhnall ris gu'n robh e mach ag iasgach leis na lìn bheaga dhà no trì lathaichean air an t-seachduin a chaidh seachad, agus nach d' fhuair e ceann éisg; "ach," ars' esan, "tha mi faicinn comhlan mòr de dh' eòin 'an ceann an loch fad an latha so ag eirigh àrd air an sgiathan, 's a' dol fodha domhain 's a' mhuir; feumaidh gu'm bheil iasg air chor-eigin ann-sgadan, tha mi dearbh chinnteach-oir cha ghabh sgadain air dubhain oir na'm bitheadh iasg 's am bith eile 's an loch, bha mi cinnteach air rud-eigineach fhaotainn dheth. Ciod e do bharrail Ailein, an téid sinn do'n Chairidh an nochd?"

“C’ uin a bhios a’ chairidh traighte, a Dhonnachaidh?” thubhairt Ailean.

“Stad gus an smuainich mi,” thubhairt Dòmhnall. Thug e sùil air a’ chladach, a bha dlù orra, agus thubhairt e, “Tha e’n drasda dlù air muir-tràigh; bithidh a’ chairidh ris air an ath mhuir-tràigh, aig dà, uair ’s a’ mhadainn.”

Thubhairt Ailean, “Tha mi aonaichte ri dhol leat; ach ’s còir dhuinn iarraidh air cuid dhe na coimhearsnaich a dhol còmhrunn.”

“Tha mi glé dheònach,” thubhairt Dòmhnall. Agus ’s ann mar sin a rinn iad. Chaidh iad chum nan coimhearsnaich. Chaidh an dream òg gu toileach leo. Chruinnich còrr a’s dusan aig tigh Dhòmhnall, mu uair ’s a’ mhadainn. Bha mu dhà mhìle ri chois eachd gu ceann an loch. Tharruing iad air falbh còmhla, gach aon le sgùlan aige, a bh’ air a dheanamh le slatan calltainn, agus seann phoca mine no seann phoca anns am biodh gràn.

Chum iad air an aghaidh le cridhealas am measg a chéile, gu h-àraidh an òigrìdh, gus an d’ ràinig iad mullach a’ bhruthaich, mu mhìle bho’n bhaile. Thug mi sùil am dhéigh air na tighean, oir bha mi-fhein air aon de ’n chuideachd. ’S e àm gealaich a bha ann. Cha robh neul dubh no geal air na speuran fad mo sheallaidh, air chor ’s nach mòr ’s nach robh e cho soilleir ris an latha. Cha robh solus ann an uinneag no ceò bhàrr tighe, ’s cha robh ach beagan a dhùin na dorsan. Bha h-uile creutair ’s an àite marbh ann an suain-chadail. Cha robh aon tinn, euslainteach, no ciùirte; cha robh fiamh roimh reubainn no roimh mhéirleach; cha ruigeadh iad a leas, oir cha robh eòlas aca air a leithid de rud ach caoimhneas agus neo-chiontas measg a chéile, meas air soisgeul agus fìrinn. Bha aoradh-teaghlaich a h-uile oidhche aig a’ chuid a bu mhotha dhiubh ’g a chumail.

Ràinig sinn, mu dheireadh, ceann an loch; shuidh sinn ’am bràigh a’ chladaich; cha robh balla na cairidh fhathast ’am fradharc; thòisich sinn air sgeulachdan agus òrain, a’ cur na tìm seachad. “Siuthad, ’Anna, gabh òran!” thubhairt aon de na gillean ri té dhe na h-igheanan. Thubhairt Anna, ’s i ’toiseachadh-

“Fhir nan calpannan troma,
Chum thu ’choinneamh glé òg rium;
A fhleasgaich ùir, leanainn thu,
’Fhir a’ chùil bhòidheich,
A fhleasgaich ùir, leanainn thu!

’S mi gu’n rachadh ’n ad choinneimh
Air mo bhonnan gun bhrògan.
A fhleasgach ùir, &c.

’Fhir nan calpannan gle gheal,
As do dhéigh tha mi brònach;
A fhleasgaich ùir, &c.”

An uair a bha Anna deas dhe ’h-òran, dh’ iarr h-aon de’n chuideachd

air Iain beag mac Lachlainn òran a ghabhail, 's ghabh e 'n seann
oran a leanas:-

“Shaorainn, shaorainn, shaorainn i,
Air m' fhacal fhéin gu'm faodainn sin,
Ged theireadh cuid nach saoilleadh e
Gu'n saorainn Màiri ghreannmhor.

Gu'n saorainn fhein gun teagamh i,
Ged 's tric a bha mi 'beadradh rithe
'S nach d' iarr mi ni neo-fhreagarrach
Nach freagradh dhomh 'bhi 'cainnt innt'.”

'S gann a bha 'n t-oran deas 'nuair a ghlaodh Dòmhnall mac Eòghainn
gu robh balla na cairidh 'am fradharc. Thòisich iad air iad-féin a
sgioblachadh gu dol a mach 'san t-sàl, na boirionnaich a'
crioslachadh an aodaich m' am meadhoin le crios no sreang 'g an
cumail suas. “Bheil thu 'faicinn sud?” thubhairt Dòmhnall le
cabhaig.

“Ciod e a th' ann?” thubhairt h-aon eile.

“Thà, sgadan a' cluich gu tiugh 's a' chairidh thubhairt e;” oir 's
ann air a chairidh agus an sgadan a bha aire Dhomhnuill, 's cha'n
ann air an cuid ciùil.

A mach ghabh h-uile h-aon diubh le 'n cuid sgùlan cho luath 's a bh'
aca. 'S ann an sud a bha 'n ùbraid, a' coiseachd, a' cumail nan
sgùlan fodha rompa 's an t-sàl, agus an sin 'g an togail gu h-ealamh
le lain sgadain, 's a sin a' ruith gu tir, 's a' deanamh dùin
dhaibh-fein air leth, air an fheur ghlas.

Leanadh iad mar sin gus mu dheireadh a bha iad a' smuaineachadh gu'n
robh gu leòir aca dheth. Bhiodh iad an sin fad na madainn 'g a
ghiùlan dhachaidh anns na pocannan air an druim. 'S ann an sin a
bhiodh an obair fad latha no dhà, a' glanadh agus a' sailleadh. 'S
docha gu'm bitheadh aig a h-uile teaghlach dheth na dheanadh dhaibh
gu deireadh an Earraich. 'Nuair a bhiodh iad deas dhe 'n glanadh
agus an sailleadh, bha iad an sin a' leaghadh nam mealgan, air son
ùilleidh a chumail ris na crùisgeinean ri oidhcheanan fada a'
gheamhraidh.

Cha bhiodh a leithid so a dh' iasgach aca 'g a fhaotainn ach ainmig
-s dòcha uair no dhà 'sa bhliadhna. Bha 'n dòigh-iasgaich so gun
bhacadh 's an àm ud. Bha 'n sluagh na bu lìonmhoire, air chor 's
gu'n robh am Freasdal caomh féin a' deanamh an ullachaidh so dhaibh.
Tha e 'n diugh an aghaidh an lagha a bhi togail chairidhean no 'bhi
'g iasgach orra. Tha e coltach an uair a dh' fhalbh an sluagh gu'n
d' fhalbh an sgadan o iomadach aite dhe 'n Ghàidhealachd, gu h-
àraidh 's na lochan beaga. Tha còrra àite anns am bi e r'a fhaotainn
ann am pailteas, ach ann an doimhneachd cuain far nach urrainn na
daoine leis na sgothan beag fhaotainn le dhà no trì de lìn.

Cho luath 's a tha na bàtaichean mòra a' togail na lìn, tha iad a'

tarruing air falbh leis an sgadan gu cala far am bheil bataichean na smùide no 'n t-each-iaruin gu tarruing air falbh leis gu bailtean mòra na h-Alba agus Shasuinn. 'S ann glé ainmig a gheibh bochdan na dùthcha e nise, ach nach tràcaireach gu 'm bheil stòr mòr a' chuain saor do na h-uile creutair!

LITIR A CUL NA BEINNE.

Bliadhna mhath ùr do 'n MHAC-TALLA. Air dhomh a bhi gu tric a leughadh an aon phaipeir naigheachd Gàilig is aithne dhomh agus a' gabhail mór thlachd anns na litrichean a tha nochdadh bho àm gu àm 'san deagh phaipeir, bha m' aire air a glacadh gu sònruichte le Peigidh Phabach, cha 'n ann a chionn gu 'm bheil mi am barail gu 'm bheil a cuid litrichean na 's fhearr no na 's bochda na feadhainn eile, oir cha 'n 'eil mi 'gabhail orm fhein a bhith am bhreitheamh air daoine a tha moran na 's fhearr na mi fhein. 'S e an ni gu sònruichte a tharruing m' aire ann an litrichean Peigidh an t-ìomradh a bha i 'deanamh air mo sheann charaid Donnachadh Ruadh.

Saoilidh mi gu 'm bheil e nàdarra do dhuine, 'nuair a thig e gu bhi aosda, a bhi araon a cuimhneachadh air na daoine a dh' fhalbh agus a bhi gabhail beachd air a mhuinntir a tha òg. Seadh, ma ta. Tha Peigidh ag radh gur math a b' aithne dh' ise Donnachadh còir. Cha b' aithne do dhuine riamh gu don' e. B'e sin an duine aoidheil, toilichte, air nach fhacas riamh ach ainneamh gruaim. Dheanadh e òran, ged nach robh iarraidh sam bith aig' air ainm am measg nam bàrd. Bha iomadh latha trioblaideach aige 'na bheatha, ach cha b' ann gearaineach no frionasach a bha e. Bha creideamh aige ann an Dia, agus bha e creidsinn gu 'n oibrich na h-uile nithean chum math do 'n dream aig am bheil gràdh do Dhia.

Ach c'ait an robh Donnachadh Ruadh a chòmhnuidh? Mata innsidh mi dhuibh c'ait an robh e 'fuireach. Mar a thig neach a mach as a bhaile mhor (Sidni) air an rathad ris an canar rathad Charibu Marsh, mu cheithir mìle gu leth a mach as a bhaile thig e gu rathad a tha dol an ear 'san ear-dheas. Leanaidh e 'n rathad sin mu mhìle. Thig e 'n sin gu maoladh àrd-gleann sìos do 'n àirde deas-loch bhriagh' aig bonn a ghlinne. Stad air mullach an aonaich. Tha sinn a nis air Cnoc Cuitheinn. Co an tigh a tha shìos air a chòmhnard taobh an ear an rathaid? Sin an tigh anns an do chriochnaich eadh laithean Dhonnachaidh. Tha bantrach Dhonnachaidh an sin fhathast, na seana mhnaoi air am bheil mor mheas aig na coimhearsnaich. Tha a mac a fuireach 'san tigh agus e fhein 'na Dhonnachadh Ruadh. Co an tigh 'tha air taobh an iar an rathaid? Sin mac eile de Dhonnachadh. Thall mu ar coinneamh tigh mic eile. Aireamh de thighean thall 'sa bhos, co tha fuireach annta? Tha iad uile air an àiteachadh le clann is oghachan Dhonnachaidh Ruaidh. Ciod a tha air, a charaid, ach an sgoil a tha 'sa choimhearsnachd anns am bheil àireamh mhath de chloinn, tha iad uile na 'n oghachan 's na 'n iar-oghachan do Dhonnachadh Ruadh, ach a mhàin aon teaghlach.

Mur b'e cho fada 'sa tha mo litir, chuirinn ugaibh cuid de chuid òran. Ach innsidh mi dhuibh duan calluinn a rinn e:-

Cia mar a ni mis' an Nollaig
Mar thoileachadh do mo phàisdean?
'S gu 'n teid an stòiri feadh na dùthcha,
'S theid i null an Nor'-west-arm:
Cluinnidh Donnachadh bàn, an Ceisteir,
'S nuair thig e 'thigh Illeasbuig Phàdraig,
Is a chi e Donnachadh Ruadh,
'S dualach gu 'm faigh e 'chàineadh.

Is mi bhur caraid,
BODACH CUL NA BEINNE.
An cóigeamh latha de Ianuari, 1904.

[TD 119]

[Vol. 12. No. 15. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic
AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR
Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn
taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>

FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.

<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,

FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.

Airgead ri thoirt seachad an iasad.

UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>

An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.

Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>
CORPAICHTHE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE \$2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air
adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3½% 'sa
bhliadhna.

Mar is àirde suidheachadh duine anns an t-saoghal is ann is mò a tha
cùram agus iomaguin an t-saoghail a' cur dragh air. Is glé ainneamh
leis cadal sèimh fhaotainn air an oidhche. Ach tha 'n duine bochd a

tha 'g obair gu trang fad an latha a' cadal gu socrach, sàmhach, ma bhios slàinte aige fhein 's aig a theaghlach. Is fìor an seanfhacal a tha 'g ràdh: "Mar is lugha do chuid, is ann is lugha do chùram."

An uair a tha 'n droch nàdar a' riaghladh air cathair a chridhe, tha tùr is reusan air an saltairt fo na casan. Agus tha e gu tric a' tachairt gu 'm bheil daoine air am brosnachadh na 's mò gu feirg an uair a thoisichear ri reusanachadh riutha; agus an rud nach urrainn daibh a dheanamh le còir, feuchaidh iad ri dheanamh leis an eucoir.

Cha 'n 'eil dòigh sam bith a's fhearr gu casg a chur air corruich dhaoine na labhairt riutha gu ciùin, sìobhalta. Tha e sgrìobhte gu 'n till freagrachd mìn corruich. Ma fhreagras sinn le corruich an duine a tha 'labhairt ruinn le corruich, tha sinn coltach ri duine a bhiodh a' feuchainn ri teine bhàthadh le bhith 'dòrtadh olla air, no ri duine a bhiodh a' feuchainn ri teine a chur as le bhith 'ga shior shéideadh.

Ge b'e neach leis an àill ionnsachadh a bhith math gu labhairt, feumaidh e 'n toiseach ionnsachadh a bhith math gu éisdeachd.

Ma tha daoine 'nochdadh caoimhneis agus fàbhar dhuinn, is còir duinn ar taingealachd a nochdadh dhaibh anns gach dòigh 'nar comas. Tha moran ann a ghabhas fàbhar aig gach àm, ach nach nochd an taingealachd aig àm sam bith.

Bu choir an t-iasad a chur dhachaidh a' gaireachdaich.

Bu dual do isein an ròin a dhol thun na mara.

Bonnach air bois, cha bhruich 's cha loisg.

Di-luain a' bhreabain.

Eadar fheala-dha 's a rìreadh.

Eirigh tonn air uisge balbh.

Fad a choise do 'n laogh, 's fad an taoid do'n chuilein-choin.

Faodaidh car sealltainn air rìgh.

POSADH.

Aig a Bhras d'Or Mhor, air an dara la deug de'n mhios so, leis an Urr. D. Drummond, Caiptean Domhnull Cairnbeul is Barbara Anna, nighean Chaiptein Uilleim Mhic-an-leigh.

Iadsan a Phaidh.

Micheal I Mac Neill, Baoghasdal
Caitriona Nic Iomhair, na Caoil Bheaga

Bean Dhughail Bheutoin, Eas Ghlinnóra
 Lachuinn Mac Cuairidh, Abhainn Mheadhonach
 Alasdair Beuton, N E Mabou
 Anna S Nic Fhionghain, Inbhirnis
 Aonghas Mac Gilleathain, Catalone
 Tormaid Mac Leoid, Bàgh Hogamah
 Uisdean Mac Leoid, am Bàgh an Iar
 Ailein Domhnullach, Abhainn a Bhradain
 Aonghas Mac Risdnidh, Baile nan Gall
 Bean Ailein Mhathanaich, Sidni
 Seumas I Mac-an-t-Saoir, Sidni
 Domhnull Mac Neill, Gleann Ainslie
 Coinneach A Mac Fhearghais, L'Ardoise
 D B Mac-an-t-Saoir, Baoghasdal
 Ceit Mhoireasdan, an Gut a Tuath
 Mairearad Mhathanach, Rudha 'n Rothaich
 Bean Iain Mhic Gilleathain, <eng>Pictou, N. S.<gai>
 Iain Moraidh, <eng>Pleasant Valley, N. S.<gai>
 Iain R Siosal, <eng>Londonderry, N. S.<gai>
 D. Mac Fhionnlaidh, Braidalbainn, E.P.I.
 An t-Urr. Alasdair S Mac Neill, <eng>Orwell, E.P.I.<gai>
 Eoin Mac Gilleathain, <eng>Glenmartin, E.P.I.<gai>
 S M Martuinn, <eng>Heatherdale, E.P.I.<gai>
 Iain A Caimbeul, <eng>Heatherdale, E.P.I.<gai>
 Aonghas A Stiubhart, <eng>High Bank, E.P.I.<gai>
 Iain A Stiubhart, <eng>Belle Creek, E.P.I.<gai>
 Domhnull I Friseil, <eng>Vankleek Hill, Ont.<gai>
 Dughall Mac Gilleathain, <eng>Priceville, Ont.<gai>
 Domhnull Mac Gillemhaoil, <eng>Priceville, Ont.<gai>
 Cairistine Nic Aoidh, <eng>Ripley, Ont.<gai>
 Mairi Stevenson, <eng>Shipka, Ont.<gai>
 D. Mac Aonghais, <eng>McIntyre P O, Ont.<gai>
 Domhnull E Mac Cuithein, <eng>Stayner, Ont.<gai>
 Ailein Mac Gilleain, <eng>Stayner, Ont.<gai>
 Bantrach Mhic Risdnidh, <eng>Scotsburn, Que<gai>
 Bean R. Dhomhnullaich, <eng>St. Andre, Assa<gai>
 Ailein A Dughallach, Bhàllaidh, Assa
 Calum Dughallach, <eng>Earlswood, Assa<gai>
 Domhnull Mac Fhionghain, <eng>Riga, Assa<gai>
 Bean Dhomhnuill Dhùghlaich, <eng>Red Jacket<gai>
 Uilleam Urchadan, <eng>Vancouver, B. C.<gai>
 Nial Caimbeul, <eng>Vancouver, B. C.<gai>
 Ailein Domhnullach, <eng>Hastings, B. C.<gai>
 I A L Mac Fhionghain, <eng>San Francisco<gai>
 Cailein Mac Risdnidh, <eng>Holeb, Maine<gai>
 Seonaid Ros, <eng>Roxbury, Mass<gai>
 Cairistine NicFhionghain, <eng>Shoal Lake, Mass<gai>
 Domhnull Mac Shimidh, Manachainn, Alba
 Raonull U Domhnullach, <eng>Chiromo, Africa<gai>

Tha mi Trom 's Duilich Leam.

LUIÑNEAG.

Tha mi trom 's duilich leam,
'S muladach mar thà mi,
O'n chuir mo leannan cùl rium,
Cha téid fear ùr 'na àite.

'Nuair chaidh mi thun a chladaich leat,
'S a dh' amhairc mi a'd' bhàta,
Gu 'n robh mo chridhe 'caoineadh,
Ged 'rinn mi faoin an gàire.

Bha uair a bha mi cuireadach,
Mar uiseagan an fhàsaich,
'Nuair chuimhnichinn do shùgradh,
A fhleasgaich ùir nam blàth-shùil.

Ach o'n a rinn thu caochladh,
Air faoin-tragh rinn thu m' fhàgail;
O'n mheall thu le do ghaol mi,
Cha 'n fhaod mi bhi mar bhà mi.

Chunnaic mi 'n raoir bruadar,
A dh' fhuasgail as gach càs mi,
Gu 'n robh thu rium ri suairceas,
Cho uasal 's a bu ghnàth leat.

'N uair dh' fhosgail mi mo shùilean,
'N àm dùsgadh as a phràmh sin,
Bu mhuladach mo smaointean
Gur aisling faoin a dh' fhàg mi.

Ach soraidh le do leannanachd,
O'n dh' aithnich mi do nàdar;
'Nuair 's i 'n té lùisbach, riabhach
A mhiannaich thu na m' àite.

Cha bhi mi féin an diomba riut,
A rùin, ma 's ise 's fearr leat;
'S gur h-i do rogha céile
Ni éiridh leat am màireach.

A PHOLAIDH GHRINN.

LUINNEAG.

Hó ró air son an t-slòigh sin,
Hó ré air son an t-slòigh sin,
A thàinig thar nam mòr thonn
A chòmhnuidh do 'n tìr s'.

B'e sud an là mi-shealbhach
Do thir nan Gaidheal calma,
'S an d' fhuair na triathan dalma,
Na'n seilbh i 's fo chis.

Chaidh bàillidhean 's luchd-oighreachd
Gu dàn ri obair oillteil,
Le uabhar is lon saibhreis,
'S gach aingidheachd cridh.

Air falbh chuir iad na treun fhir
'Bu mhath, le 'n clàidhean geura,
A dhol a sìos do 'n teugmhail,
Nuair shéideadh a phiob.

Chuir iad gun iochd na 'n smàlaibh
Gach bothan is gach bàthach,
A bheireadh dìon do mhàthair,
'S do phàisdean gun chli.

Chuir iad na coin 's na caoirich,
'S na ciobairean neo-fhaoilidh
An àite nam fear aoidheil
A shaothraich 'sna glinn.

Ach moladh gu 'n robh Dhàsan,
'Tha riaghladh anns na h-àrdaibh,
Gu 'n tug e nall do 'n àit so
Na Gàidhìl bha 'n dìth.

Thug E á tir na daors' iad
Do dhùthaich 'sa bheil saorsa,
Is thug E biadh dhaibh 's aodach,
Is aobhachd is sith.

Na daoine fearail, còire,
Na mnathan laghach, bòidheach,
Bu taitneach air gach dòigh iad;
Na 'n còmhradh bhiodh brìgh.

Ged bha iad greis fo ghruaman
Bha misneach laidir bhuan ac',
Is neart a sheasamh cruadail,
'S tha buaidh leo 'san stri.

Tha 'n clann an diugh gu dòigheil,
Tha fearann saor an còir ac',
Tha taighean farsuinn mor ac',
'S gu leoir de gach ni.

'Sa chaidh cha déid á 'n cuimhne
Am fiachan do na suinn sin,
A bh' air a Pholaidh ghrinn
'Tigh'nn troimh thuinn o Phort-Rìgh.

Ged dh' fhògair Breatunn bhuaip' iad,
Theid carragh-cuimhn' a suas daibh,
A dh' innseas mu 'n deagh bhuadhan
Do shluagh anns gach linn.

A. M. S.
August 7, 1903.

ORAN AN LATHA 'N DIUGH.

LUINNEAG.

Ho ró, mo dholar gaolach,
Ho ri, mo dholar gaolach,
Mo dholar laghach, gaolach,
Co thaobhainn ach thu?

A dholair, 's e mo shòlas
'Bhith breith ort ann am chrògan;
Gur cumadail 's gach dòigh thu,
'S gur bòidheach do ghnùis.

Thug mi le m' chridhe gaol dhuit,
Nach dealaich rium ri m' shaoghal;
'S nam b' urrainn mi gun slaodainn
Ri m' thaobh thu do 'n ùir.

Biodh amadain gun stòldachd
A ruith an déidh nan òighean;
Ach cumaidh mis' an còmhnuidh
Do ghlòir-sa roimh m' shùil.

Biodh daoine' air bheagan léirsinn
Ri duanagan ag éisdeachd,
Ach 's mise nach doir spéis dhaibh;
'S leat féin mi gu m' chùl.

A. M. S.

[TD 120]

[Vol. 12. No. 15. p. 8]

Amhairc an So!
'san ath aireamh airson
SANAS UR
bho
<eng>The Canadian Bank of Commerce
Sydney, C. B.
P. C. STEVENSON, MANAGER.<gai>

CAIRISTIONA CHAIMBEUL.

Thug mi gràdh dhuit thar gach nionaig,
Chairistiona Chaimbeul,
'S posaidh mi thu air an t-samhuinn,

'S fad on tha mi 'n geall ort.
Dh' aindeoin co a thig 'san rathad,
Bheir mi dhachaidh leam thu.
Tha thu bòidheach, tha thu laghach,
'S tu mo roghainn 's m' annsachd.

'S taitneach leam do chruth is t' iomhaigh,
Chairistiona Chaimbeul;
'S binne leam do ghuth na 'n fhiodhull,
Nuair a bhios tu teann orm.
Tha do ghruaidhean mar na dearcan
'S deirge dreach 'san t-samhradh,
'S tha do mhuineal mar an sneachda
'S gil' air stac 'sa gheamhradh.

Thig an t-samhuinn an ceann miosa,
Chairistiona Chaimbeul;
Theid an t-snaoim an sin a cheangal,
Cha déid la air chall oirnn.
Ni sinn banais chridheil, thaitneach,
Cha bhi neach fo champar;
Bruichear tunnagan is geòidh dhi,
'S cluinnear ceòl is danns' aic'.

Bidh ar cuim le sonas lionte,
Chairistiona Chaimbeul;
Ged bhiodh againn deichnear chloinne,
Cha dig gainne teann oirnn.
Gheibh sinn aodach dhaibh is caiseart,
Aran blasd is annlann;
Chi sinn againn na ni 'n gnothuch,
'S bidh sinn toilicht', taingeil.

A. M. S.
Feb 3, 1903.

ORAN BROSNAIDH

Do 'n Chomunn Ghàidhealach an <eng>Southland, New Zealand.<gai>

LE ALASDAIR A. MAC RATH.

A Chomuinn Ghaidhealaich mo ghaoil,
Ged 's cian 's ge fad bho thìr an fhraoich,
Cumaibh cuimhn' air euchd nan laoch,
Is cumaibh suas bhur cànan aod',—
A chainnt ionmholta, bhlasda, chiùin,
A labhair Oisein, Goll, is Fionn;
A chainnt bhinn bhuadmhor bh' aig na bàird
A's tric a dhùisg an smuain gu dàn.

Deanaibh stri ri 'cumail suas
Is le sar dhichioll bheir sibh buaidh;

Is ged a bhiodh ur n-àireamh gann
Sgaoilibh bratach 's cruinnichidh chlann:
Thig na laoich tha sgairteil cruaidh,
A chumail cainnt am màthar suas,
'S gach cleachdadh gasd' a bh' aig na sàir
A bha n'an cuspair dha na bàird.

'S ged their luchd-fuath gu'n d'fhàs i gann,
'S nach coir a foghlum dha bhur clann,
Na toiribh géill 's na creidibh drannd,
An diugh gur h-uallach àrd a ceann;
Tha i 'g ath-nuadhachadh a beus
An Alb' 's an iomad dùthaich chéin,
Is i gach la 'toirt buaidh le céill,
'S na's tréine 'n diugh na bha i 'n dé.

Is mairidh i mar sin a chaidh,
'S na leigibh leis an nàmh a claidh,
A chainnt a bh' aig ur sinnsear riamh,
A's tric a dhoirt am fuil ga 'dion;
Nuair sgaoileadh iad am bratach àigh,
Garg leoghann beucach 's cluaran àrd,
Bhiodh aobhar eagail aig an t-sluagh
A dhùisg le olc am fearg a suas.

Sheas iad mar charraig dhainginn, bhuaibh,
A chaidh nach meathaich teas no fuachd,
A cur nan eilthireach air ruaig,
A dh' fheuch ri 'n cainnt 's ri 'n saors thoirt uath'.
'S iad fein bha arm-chleasach 'san streup,
'S a phìob g'am brosgadh suas gu euchd;
Mar bheithir laist' 's e sracadh speur
Bhiodh colg nan laoch cur nàmh fo chreuchd.

'S i piob nan dos le muineal crom
A dh' fhògradh bròn 's a thogadh fonn;
Bu bhinn a toirm an cùirt nam flath,
'S i colgant borb air raon a chath;
Is iomad blàr do 'n deach i sios,
A gluasad laoch gu euchdan dian;
Mhair i beo bho linn gu linn,
Is cha dug nàmh i riamh fo chis.

Cumaibh suas, a Chomuinn chòir,
Gach ni tha dualach dha ur seòrs',
Gach ni tha dùthchasach is ceart,
Cumaibh suas le 'r n-uile neart:
'S an fhuil uasal th' ann ur cré,
Duineil, fearail, measail, treun,
Faiceadh an saoghal gu bheil i beò;
Buaidh is piseach leibh 's gach dòigh!

1898.

Rugadh an duine a rinn na rannan so aig Loch Monair an sgìre Loch Aillse. Is e Alasdair Mor mac Iain Bhàin a theirteadh ri 'athair. Bu nighean a mhàthair do dh-Uisdean Friseal an Strath-Ghlais. Tha e a còmhnuidh mu shia mìle bho Chnoc na Frìth, no <eng>Forest Hill,<gai> an Southland, New Zealand. Ma tha a choimhearsnaich nan Gaidheil cho dileas duineil ris fein is còir dha a bhith toilichte le 'chrannchur.

GLEANN-A-BHAIRD.

IORRAM NAM FOGARACH.

Eisdibh ri m' dhàn-sa mar a dh' éisd sibh riu
A sheinn le sunnd dhuibh ann an tìr nam beann;
An luinneag thùrsach togaibh suas gu làidir,
'S biodh neart nan làmh a cur a bhàt' na deann.
Tha 'n talamh fial 's gur briagh' na coilltean aosd',
Ach 's fòg'raich sinn bho thìr 's bho shluagh ar gaoil.

Eadar am fonn so 's bothain chaoin ar càirdean
Tha beanntan àrda 's fàsach de thuinn dhoirbh,
Ach tha ar cridheachan 'san tìr 'thog suas sinn,
'S gur tric na 'r brudair sinn mu 'cluaintibh gorm'.

A chaidh cha 'n fhaic sinn glinn is cnoic na h-àilleachd,
Le 'n uillt ghlan ghàireach 'ruith a sìos gu réidh;
Cha 'n fhaic sinn sluagh le uail mu 'n triath an òrdagh,
No leac nan seòd 'bu dileas, teòm' 'san streup.

Nuair bha ar sìnsre, iomad linn roimh 'n là so,
A dion le 'n clàidhean àite taimh na saors',
Cha robh ac' smuain gun cuirt' an clann á 'n dùthaich,
Gu tuilleadh bhrùidean 'thoirt do dh-uachd'rain bhaoth'.

Ma chruinnicheas feachd an aghaidh Bhreatuinn mhòrail,
Bidh feum air connspuinn chròdha, dhian, nach géill;
Ach c'ait am bi iad anns an tìr r'am faotuinn,
'S na Gaidheil aobhach thar nan cuan gu léir?

ANNS AN STOR UR

LE STOC MOR DE DH

Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula

ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE

air Sraid Shearlot.

<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

Tha sinn

A CREIC A MACH AR STOC IOMLAN

de dh'

Airneis 's de Bhrait-Urlair

air na chosd iad.

<eng>Gordon & Keith,
A. T. Grant, Manager<gai>
350 Sraid Shearlot, Sidni, C. B.

<eng>Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh' October, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisbourg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisbourg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

[Dealbh]

A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "policies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.
M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.
<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

NIALL MacFHEARGHAIS,

Ceannaiche Taillear.

Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c.; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

Mac-Talla.
Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.
Bliadhna, \$1.00
Tri Miosan, .30
Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna.

Biodh gach litir is eile air a seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 121]

[Vol. 12. No. 16. p. 1]

MAC-TALLA.

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, FEBRUARIDH 5, 1904. No. 16.

Leabhraichean Ura Gailig.

"An Treòraiche," leabhran-sgoil air-son na cloinne, air a chur ri cheile le Calum Mac-Pharlain 's air a chur a mach le Aonghas Mac Aoidh. Mar a thuigear o 'ainm, tha'n leabhran so air a chur a mach air-son leughadh Gàilig ionnsachadh do'n chloinn. Tha da fhichead taobh duilleig ann, agus an sgoilear òg a dh' ionnsaicheas gach facal a tha eadar a thoiseach 's a dheireadh, tha e ceum math air adhart ann an leughadh cainnt a shinnsir, -moran na's fhaide na bhios e ann an leughadh cainnt nan Sasunnach nuair chuireas e crìoch air a cheud leabhar Beurla. Na chruth 's na sheanachas tha e gle choltach ris na ceud leabhraichean Beurla air an robh sinn uile no uaireigin eòlach. Có a leughas "có, cù, gò, tà, tù, dà, là." aig toiseach an "Treòraiche" nach cuimhnich air "so, go, lo, no," a bha cho dlùth-cheangailte ri ceud làithean àmhgharach a sgoileireachd fein. Cha'n eil teagamh nach bi an Treòraiche na chuideachadh mor anns na sgoilean anns am bheilear a teagasg Gàilig do'n chloinn, agus a mach as na sgoilean do phàrantan a tha 'teagasg Gàilig d' an cloinn fein. A phris, 3d.

"Dain Eadar-theangaichte," le T. D. Mac-Dhomhnuill. Tha an leabhar so air a chur a mach ann an uidheam cho gasda, -paipeir math, clò garbh soilleir, is còmhach grinn aodaich le litreachadh òr-bhuidh, 's gu'm bu duilich leinn dad a dheanamh air ach a mholadh. Thagh an t-ùghdar na deagh dhàin, ach cha'n eil an t-eadar-theangachadh a rinn e orra cho fìor mhath 's bu toigh leinn fhaicinn. Mur eil sinn air ar mealladh, dh' ionnsaich e Ghàilig an deigh na Beurla, agus air tàille sin tha anns an leabhar roinn de Ghàilig Ghallda, coltach ri pàirt de'n Ghàilig a bha ri 'faotainn 'sa "Bhàrd," am paipeir beag spaideil sin air nach d' fhuair eadh fios no forfhais o'n chuir am fear-deasachaidh roimhe pòsadh. Ma leanas an t-ùghdar roimhe, a meudachadh eòlais air cainnt a shinnsir, 's a' ceartachadh nan dàn mar a bhios e dol air adhart, cuiridh e mach fhathast leabhar do nach faodar coire sam bith faotainn. B' fhearr gu robh na Gàidheil uile cho toileach air cur ri cruach litreachais an dùthcha. Pris an leabhair so 2s. 6d. Gheibhear e, cuide ris an Treòraiche, bho <eng>Eneas MacKay, 43 Murray Place, Stirling, Scotland.<gai>

“Am Fear-Ciùil,” le Domhnull Mac-Eacharn, an Dunéideann. Cha ’n eil an t-ùghdar, a reir a sheanachais fein, an dùil gu’n gabh daoine r’a leabhar a cheart da-rìreadh. Le irioslachd ionmholta tha e ’g radh gu bheil e creidsinn gu’n leanadh a ghrian air eirigh ’s air laidhe, àm curachd ’s àm buain air tighinn ’s air falbh mar a b’ àbhaist ged a ghleidheadh esan an leabhar so dha fein. Ach tha sinn toilichte, co-dhiù, gu fac’ e iomchuidh a chur a mach a dh’ aindeoin sin. Tha stòr math de dhàin, de dh’òrain ’s de sgeulachdan anns an “Fhear-chiùil” ris an dean leughadairean Gàilig toileachadh, agus tha ’n aon àbhachdas a ruith trompa uile. Am measg nan òran a th’ anns an leabhar tha ceithir ann mu’n chogadh a bha’n Africa mu dheas. Tha ’m fear mu dheireadh dhiu sin a crìochnachadh leis an rann:-

“Cuir fios-dealain thun mo mhùirneig,
Mi bhi tilleadh mar bu dùth dhomh;
'S seachduin leam gach uair a dh’ ùine
Gus am faic mi rùn mo chridh’.”

-A cheud rann de dh’ òran-gaoil Gàilig anns am faca sinn a bhi deanamh iomraidh air an <eng>telegraph.<gai> Tha aon bhuaidh air an “Fhear-chiùil” a tha dhìth air moran de na leabhraichean Gàilig-deagh litreachadh. Tha e air a chlà-bhualadh gu math, mar tha gach leabhar a thig o làimh Mhic-na-Ceardadh, an Glascho. Tha sinn an dòchas gu’n ceannaich na Gàidheil e gu pailt; ’s e sin an aon dòigh air misneach a thoirt do luchd-sgrìobhaidh a tha comasach air cur ri àireamh nan leabhraichean Gàilig. Gheibhear e bho <eng>Archibald Sinclair, 47 Waterloo Street, Glasgow, Scotland.<gai>

Side Cheap Breatunn.

“Ged tha Ceap Breatunn air a shuidheachadh anns a chrios chiùin <eng>(temperate zone)<gai> tha an t-side comharraichte le anabarr teas is fuachd; ach a thaobh e bhi ua eilein a’ laidhe mach cho fada do’n chuan agus cho dlùth do Shruth a’ Chamuis <eng>(Gulf Stream)<gai> cha’n eil an geamhradh cho cruaidh no an reothadh cho maireannach ’s a tha iad ann an Canada. Re air t-samhraidh chunnacas a mhercuri uair is uair cho àrd ri 92°, ach cha thric leis a dhol as cionn 75°. Anns a gheamhradh, cha do thuit e ach aon uair, ré an da fhichead bliadhna mu dheireadh, cho iosal ri 30°, ach chunnacas e gu tric cho iosal ri 20° fo séro. Tha sneachd air an làr bho Desember gu April, ach tha’n t-adhar re na h-ùine sin glan soilleir. Anns an earrach tha’n deigh mhor, air a turus a Camus Naoimh Labhrunn do’n chuan, gu tric air a cumail ris a chladach ear-thuathach leis a ghaoith an ear a tha daonnan a’ séideadh aig an àm sin de’n bhliadhna, a’ fuarachadh an àile ’s a cumail air ais obair an tuathanaich, ach tha i ’m bitheantas a’ falbh mu mheadhon April, ged tha i corra uair a fuireach gus a cheud seachduin de’n Mhàigh. Faodar samhraidhean Cheap Breatuinn, eadar April is October, a choimeas gu math ri samhraidhean dùthcha sam bith ann an criosan ciùine ’n t-saoghail. Fad na h-ùine sin cha bhi ma dh’ fhaodte bhar deich làithean de shìde cheòthar an cearna sam bith de’n eilein ach an cois a chladaich a deas eadar Caol Chanso is Scatarie. Bidh

làithean soilleir grianach, le gaoith chiùin o'n àird an iar, a leantuinn a cheile, seachduin an deigh seachduin, am feadh 's a bhios teas a mheadhon-latha air fhionnarachadh le tlàth-ghaoith o'n chuan. De dh' uisge is ainneamh a shileas gu leòir; is trice call air a dheanamh air bàrr le cion uisge na le tuilleadh 's a chòir. Cha 'n eil an aimsir fhluich, a tha tòiseachadh aig deireadh an t-samhraidh, a mairsinn ach ùine ghoirid; 's ann gle ainneamh a leanas i thar meadhoin Nobhember; agus tha eadhoin an aimsir sin air a giorrachadh le seachduin no dha de shìde ghrianach bhlàth ris an canar "an Samhradh Innseanach?"

Tha na briathran so air an eadar-theangachadh á Eachdraidh Cheap Breatuinn, a bha air a sgrìobhadh le Ruiseart Brown 's air a clò-bhualadh 'sa bhliadhna 1869. Bha an t-eachdraiche comasach sin anns an dùthaich so dlùth air da fhichead bliadhna, agus ré na h-uine sin a gabhail beachd sònruichte air an t-sìde mar air gach ni eile bhuineadh do'n eilein. Is cinnteach mar sin gu bheil na tha e 'g radh làn-fhior mu'n da fhichead bliadhna sin air an robh e fein fiosrach. Ach chuireamaid mar cheist air a' chuid sin de 'r leughadairean nach eil cho òg 's a bha iad, am biodh na briathran ceudna fìor mu na bliadhnachan a thainig 's a dh' fhalbh o'n chaidh an sgrìobhadh; no faodar a' cur fa'n comhair ann an cruth eile agus fheòrach, am bheil an t-sìde da-rìreadh ag atharrachadh mar a chluinnear moran 'sna bliadhnachan so ag radh?

Tha an Còirneal Lynch, a bha air fhaotainn cionntach de àrd-fhoill 's air a dhìteadh gu bàs, a nis air a leigeil m'a sgaoil. B' esan an duine chaidh do Africa mu dheas a chogadh an aghaidh Bhreatuinn 's an deigh sin a thainig air ais do Eirinn far an robh e air a thaghadh mar bhall pàrlamaid. An deigh a dhìteadh gu bàs, chaidh a bhinn atharrachadh gu prìosan ri bheò, agus a nis, ged nach eilear a toirt mathanais dha, tha e, air chumhachan àraidh, air a leigeil ma sgaoil. 'S e aon de na cumhachan sin nach bi e air a thaghadh mar bhall pàrlamaid no gu dreuchd earbsach sam bith. Tha cead aige, ma thoilicheas e, an dùthaich fhàgail, agus cha b' iongantach ged ghabhadh e 'n cead sin 's ged dh' fhàgadh e i gu buileach 's gu bràth.

Tha rìgh Pàdrùig air fàs sgith de chrùn fuilteach Serbhia; thatar ag innse gu bheil e deònach a leigeil uaithe. Faodaidh e bhith gu'n cuir na rìoghachdan mora an cinn cuideachd 's gu'n tagh iad fear a rìoghaicheas na 'àite. Ma thachras sin, faodar a bhi cinnteach gu'm bi iadsan a mhurt an rìgh 's a bhanrìgh nach maireann air am peanasachadh.

MUINNTIR RUISIA.—'S ann air an t-seachdain so a tha muinntir Ruisia a' gleidheadh na bliadhn' uir a réir an t-seann chunntais mar b' àbhuist a bhi 'nar measg féin, agus mar a chithear ann an cuid do cheàrnan fathast. Tha ni no dhà eile a tha 'nan seilbh choitcheann eadar Albainn agus Ruisia. 'S e ainm an naoimh chinneadail acasan Aindrea mar tha againn féin. Agus a thaobh cuid do

[TD 122]

[Vol. 12. No. 16. p. 2]

chleachdaidhean, gu sònruichte 'nam measgsan a tha a tuineachadh fagus do chòrsan na Baltic, chithear mòran nithean 'nam measg a tha glé chosmhuil ri doighean na duthcha so gu àraidh am measg an t-sluaigh choitcheann. A thaobh nan daoine mòra tha iadsan a' leantuinn fasanan na Fraing. Tha cuid d'an ceòl cuideachd a bheir ar seann òrain Ghàidhealach 'nar cuimhne. 'S e duthaich anabarrach fharsuinn le lionmhorachd mhòr do shluagh a th' ann an Ruisia. Tha mòran righeachdan agus ioma seòrsa sluaigh fo ughdaraas a h-Impireachd. Tha mu mhuillean saighdeir aice fo armaibh; agus ma théid i gu cogadh 's urrainn di trì muillean eile a ghairm a mach.—
<eng>Oban Times, Jan. 16.<gai>

Naidheachdan.

Rinneadh droch ghnìomh ann an <eng>New Aberdeen<gai> feasgar Di-màirt. Bha Eadailteach d'am b'ainm Alessandro Zirpolo air a mharbhadh le Fernando Maderjio, Eadailteach eile. Cha'n eil fios cinnteach ciamar a bha cùisean eatorra, ach tha e air innse gu robh iad féin is grunn eile a cluich chairtean nuair a thòisich an aimhreit. B'e chrìoch a thainig air an aimhreit gu robh Zirpolo air a stobadh trì no ceithir a dh'uairean leis an fhear eile, agus bha e marbh an ceann beagan mhionaidean. Theich am murtair do Sheana Bhrìdigeport, agus chaidh e gu tigh Gearmailteach d'an ainm Graichen. Fhuair am fear sin a mach uaithe gu robh rud-eigin cearr 's chaidh e do Ghlace Bay gun dàil 's dh'innis e do na maoir càite 'n robh 'm fear a bha dhìth orra. Chaidh a ghlacadh an oidhche sin fhein. Cha'n eil ann ach duin òg, mu choig bliadhna fichead a dh'aois. Tha e nis anns a phrìosan 'sa bhaile so, agus tha e ri bhi air fheuchainn aig a Chùirt Mhóir a tha aig an àm na suidhe.

Bha na taghaidhean ann am baailtean Cheap Breatunn is Noba Scotia Di-màirt s'a chaidh. A thaobh nam mayors cha deachaidh fear ùr a thaghadh ach ann an aon bhaile air an eilein—<eng>Port Hood<gai>—far an robh A. D. Mac-Iosaig air a chur a stigh. Chaidh an roinn bu mhò de na seann chomhairlich a chur a stigh cuideachd. Ann an Sidni Tuath, <eng>Sydney Mines, Glace Bay<gai> is Louisburg, bha Mac-Coinnich, Mac-Cormaic, Burchell is Lewis air an taghadh mar mhayors gun duine ruith na'n aghaidh. A réir an lagha fo'm bheil Sidni o'n thàinig e gu bhi na bhaile-mhor, cha bhi 'n taghadh bliadhnail ann gus a cheud Di-màirt de'n Mhàrt.

Cha'n eil a' bhreac aig an àm so air an taobh so de'n eilein, ach ann an Inbhirnis toiseach na seachduin bha sia duine fichead tinn leatha. Tha 'n Dotair Iain Camaran, am <eng>Port Hood,<gai> ag ràdh nach fìor bhreac an easlaint a th'ann idir, ach cha'n eil dotairean eile 'g aontachadh leis. Tha e fìor co-dhiù, agus is mnth gu bheil e fìor, nach eil i na h-easlaint chunnartach.

Tha Cyrus D. Ryan, fear a mhuinntir Eileil a' Phrionnsa, ann am prìosan am Boston. Tha amharus air gu'n do mhurt 's gu'n do spùinn e Sineach an tigh-nigheadaireachd 'sa bhaile sin. Fhuair e an Sineach marbh ann an tuba, agus tha e coltach gu'm b'esan am fear mu dheireadh a chunnacas còmhla ris.

Bha taghadh ann am Montreal Di-luain s'a chaidh, agus a réir gach coltais fhuair an sluagh àrd-bhàillidh a réir an cridhe fein. Bha fear Laporte air a thaghadh le còrr is seachd mìle deug bhòt. Bha dithis a ruith na aghaidh agus cha d' fhuair iad eatorra ach beagan thairis air seachd mìle.

Cha'n eil Iapan is Ruisia a faighinn a bheag na's dluithe air còrdadh na bha iad. Anns an fhios mu dheireadh a chuir Ruisia gu Iapan bha cuisean air an toinneamh air a leithid de dhòigh 's gu'm bi e doirbh do Iapan cogadh a ghairm, ged tha Ruisia a' seasamh ris a mhor chuid de na bha i 'g agairt bho thoiseach.

Tha dealbh-chuimhne de Ioseph Howe ri bhi air a cur suas ann a Halifacs air chosd na roinne. Chaidh deich mìle dolair a chur air leith air-son na h-obrach leis a phàrlamaid. Ma bha duine riamh ann an Nobha Scotia airidh air 'ainm a chumail air chuimhne le mor-urram, b'e 'n duine sin Howe, agus bha e na ni gle iomchuidh do luchd-ionaid an t-sluaigh deanamh mar a rinn iad.

Bha taghadh an siorrachd Oxford Tuath, an Ontario, Di-màirt air an t-seachdain s'a chaidh, a lionadh àite Mhr. Phatullo, a chaochail o chionn ghoirid. Chaidh an taghadh so leis an riaghladh le thairis air mìle bhòt. Bheir so do 'n Rosach ceathrar a bharrachd air na tha na 'aghaidh ann an tigh na pàrlamaid.

Bha fear Iain MacNeacail, <eng>Gulf Shore,<gai> N. S., air a mharbhadh o chionn ghoirid le tuiteam air deigh aig a thigh fein. Bhuail cùl a chinn ris an làr, agus cha robh e beò ach mu uair an deigh do 'n sgriorradh tachairt.

Thachair droch sgiorradh air an rathad-iaruinn faisg air Halifacs maduinn Di-ciaduin. Chaidh trein bhar an rathaid; bha dithis air am marbhadh, 's an àireamh bu mho de na bha air bòrd air an goirteachadh.

Litir a L'Ardoise.

A DHEAGH CHARAIDE,—Bho 'n a sgrìobh mi ugaid roimhe tha sinn air teachd gu starsnich bliadhna ùr eile, agus b'e sin an stairsneach fhuar ma tha againn ri seasamh fada air ris an t-sìde tha so. Tha e coltach gu bheil an aimsir air atharrachadh seach mar a bha i o chionn cunntas bhliadhnaichean. Tha bhliadhna 'n uiridh agus na thainig dhe 'n bhliadhna so a cuir an cuimhne "an tìm a bh' ann bho shean." Cha 'n eil na daoine tha 'g eiridh suas an diugh cho fulangach ris na daoine còire a bha eolach air geamhraidhean moran na bu mhiosa na 'n seorsa tha toirt oirne tha fàs suas san am so a

bhi gearain. Tha e coltach gu bheil gach linn a fas na's laige 's na's glìce-na'm barail fhein co dhiu.

Tha mi duilich nach eil sibh a toirt àite do sgeulachdan goirid na'r paipeir aig an am so. Bha uair eile ann. Agus 's iomadh gàire cridheil a chaidh a dhusgadh le sgeulachdan àbhachdach MHIC-TALLA. Tha mi 'n dochas gu faic sibh freagarrach taobh duilleig a chur air leith airson sgeulachdan goirid. Tha mi toilichte fhaicinn 'sa paipeir gu bheil "Iain" a brath an t-sreang 'thoirt bhar a phoca. 'S math an airidh Seumas N. còir air anail, ach bithidh sinn ag altrum dòchas gu'm bi Seumas coltach ris a sgalaig a bha uair aig droch mhaighstir, a dh' feumadh a dhol a ghearradh chonnaidh fhad 's a bhiodh e leigeil analach. Saoilidh mi nach robh cus fois aig a sgalaig. Agus fhad 'sa bhios "Seumas" a leigeil anail bithidh sinn a co dhunadh gu 'm bi e cuir sgeul ur eile mu'n chrann nach bi air dheireadh air na thug e dhuinn mar thu. Tha 'n t-am sgur! A guidhe bliadhna mhath ur dhuit fhein 's dh' an luchd leughaidh, 's mi do charaid,
COINNEACH A. MAC FHEARGHAIS.

AM MAC A B' OIGE.

Leis an Urr. Iain Mac Ruairidh.

CAIBIDEAL IV.

AN uair a chunnaic muinntir an taighe gu 'n deachaidh a' mharsantachd 'nam aghaidh, agus nach robh mi deònach a dhol a dh' ionnsachadh ceird sam bith dhe na bha cumanta anns an dùthaich, smaoinich iad gu 'm bu cho math dhaibh mo thoil fhin a thoirt dhomh. "Leigibh leis a bhith 'falbh," arsa mo bhràthair bu shinne; "tillidh e dhachaidh an uair a bheir a shròn comhairl' air."

Cha do chòrd na briathran so rium idir. Ach ged nach dubhairt mi facal an aghaidh nam briathran a labhair mo bhràthair, thuirt mi rium fhin, "Ma dh' fhalbhas mise, cha till mo chas dhachaidh gus an dean mi m' fhortan. Ma bhios am mi-fhortan a' tachairt rium, is fherr leam am bàs fhulang na tilleadh dhachaidh 'nam dhiol-déirce truagh."

Cha robh m' athair no mo mhàthair deònach mo leigeadh as an sealladh air chor sam bith. Bha iad, mar a tha gu leòr an diugh, a' smaointean gu 'n tigeadh iomadh galair-bàis 'nam rathad nam falbhainn o'n taigh nach tigeadh idir 'nam rathad aig an taigh.

Tha so, ann an seadh àraidh, fìor gu leòr. Ach thig tinneas, trioblaid, bròn is bàs air daoine ged nach rachadh iad am mach air crìochan a' bhaile anns an d' rugadh iad. Gun teagamh sam bith tha iomadh galair-bàis a' tachairt ri daoine anns na bailtean mòra nach tachair riutha ann an àite samhach, iomallach air an dùthaich. Feumaidh daoine falbh as an t-saoghal so an uair a thig an t-àm ge b' e air bith àite anns am bi iad a' cur seachad am beatha.

An uair a bhios rud ri tachairt, feumaidh gu 'm bi màthair-aobhair air choireiginn aige. Thachair gu 'n d' thainig seann fhear-eòlais do m' athair air chuairt do 'n àite, agus bha e dlùth air seachdain a' fuireach anns an taigh againne. Bha e 'na dhuine fiosrach, tuigseach, tùrail. Agus bha meas mòr aig m' athair 's aig mo mhàthair air araon mar fhear-eòlais, agus mar an ceudna mar dheadh chomhairleach. Mar a dh' fhaodar a thuigsinn, bha e 'feòrach dhiubh ciod a bha mise 'dol a dheanamh. Dh' innseadh dha 'nam éisdeachd fhin gu 'n robh mi 'cur romhan falbh gu Galldachd, agus gu 'n d' fhosgladh bùth beag dhomh gus mo chumail o dhol do 'n Ghalldachd, agus nach do shoirbhich leam mar mharsanta idir. Dh' innseadh dha mar an ceudna, gu 'n robh mi na bu diorrasaiche na bha mi riamh ag iarraidh falbh as an dùthaich. Thuirt m' athair 's mo mhàthair ris á beul a cheile, gu 'm b' fhearr leotha gu mòr mi dh' ionnsachadh na ceird' a bh' aig mo bhràthair, no ceird sam bith eile a roghnaichinn, na falbh as an dùthaich far am faodadh mìle galair bàis tachairt rium. Cha robh iad idir a' faicinn, bha iad ag ràdh, c'ar son nach fhaodainn mo bheòlaint a chosnadh math gu leòr gun fhalbh as an dùthaich.

Bha 'n duine còir ag éisdeachd riutha le foighidinn agus le aire. Mu dheireadh thuirt e: "Ma ghabhas sibh mo chomhairle-sa, leigidh sibh leis falbh. Ciod e am fios a th' agaibh nach ann air son e fhein a chothachadh ann an cearn eile dhe 'n t-saoghal a chruthaich Dia e? Tha e soilleir gu leòr do dhuine sam bith a bheir fa near le aire agus le cùram gnothaichean an t-saoghal, gu 'n d' òrdaich Dia gu 'm biodh mìltean dòigh ann air am faodadh daoine iad fhein a thoirt troimh 'n t-saoghal le fìrinn 's le onair. Cha b' ann gus earrann mhòr dheth a bhith 'na fhàsach ùdlaidh fo riaghladh fhiadh-bheathaichean is chinneach bhorba a chruthaich Dia an saoghal àillidh so air am bheil sinn 'nar comhnuidh.

"Is iomadh uair a bha ioghnadh orm," ars' esan 's e dol air aghart, "an uair a smaoinichinn air mar a bha 'n àireamh bu mhò de shluagh an t-saoghail o thoiseach a' cheud latha a' deanamh

[TD 123]

[Vol. 12. No. 16. p. 3]

dearmad air beachd a ghabhail air a' cheud àithne 'th' againn anns a' Bhiobuill-àithne 'thugadh do 'n cheud dithis a bha riamh air an t-saoghal, agus àithne air nach tig atharrachadh gu latha deireannach an t-saoghail. So agaibh, ma ta, a' cheud àithne a th' anns a' Bhiobull: "Agus bheannaich Dia iad, agus thubhairt Dia riutha: Siolaichibh, agus fàsaibh lionmhor, agus lionaibh an talamh, agus ceannaichibh e; agus biodh uachdaranachd agaibh os cionn iasg na mara, agus os cionn eunlaith nan speur, agus os cionn gach ni beò a ghluaiseas air an talamh?"

"An nis," ars' esan 's e 'dol air aghart, "nach 'eil na briathran so a labhair Dia ris a' cheud fhear agus ris a' cheud mhnaoi a bha riamh air an talamh, a' gabhail a steach gu soilleir, nach 'eil e

idir a réir toil Dhé gu 'm biodh teaghlaichean a' fuireach ri 'm beò anns a' cheart àite anns an d' rugadh 's an do thogadh iad. Cha 'n e mhàin gu 'm bheil e air òrdachadh do dhaoine fàs lionmhor, ach tha e mar an ceudna air òrdachadh dhaibh an talamh a lionadh agus a cheannsachadh. Faodaidh daoine fàs lionmhor far an d' rugadh iad, ach feumaidh iad falbh astar fad' o àite 'm breith 's an àraich mu 'n urrainn daibh an talamh a lionadh agus a cheannsachadh.

"Thugamaid fa near a rithist," ars' esan, "mar a thachair do 'n t-sluagh a bhrìst, ann an dòigh ro chomharraichte, air a' cheud àithne so a thug Dia do 'n chinne-daon. Aireamh mhòr bhliadhnachan an déigh na tuile, an àite iad fhein a sgapadh mar a dh' iarr Dia is ann a thòisich an sluagh, an uair a dh' fhàs iad glé lionmhor, ri tùr mòr, àrd a thogail air comhnard Shìnair. Agus o'n a bha so an aghaibh toil Dhé, thug e breitheanas orra. Cha b' urrainn daibh a chéile thuigsinn, agus air an aobhar sin, b' fheudar dhaibh sgapadh 'nam buidhnichean air feadh an t-saoghail. Feumaidh an ni a rùnaich Dia 'na ghliocas siorruidh tachairt a dh' aindeoin mar a bhios daoine 'cur an aghaidh a thoile.

"Tha triuir mhac agaibhse," ars' esan;" tha fear dhiubh 'na thuathanach, agus fear eile 'na shaor, agus tha h-uile coltas gu 'm bheil iad 'nan dithis aig an obair air son an do chruthaich Dia iad. Tha 'n treas mac ag iarraidh falbh as a' so do dh' àit' eile dhe 'n t-saoghal, agus tha sibhse an aghaidh dha sin a dheanamh. An do smoinich sibh idir gu 'm faodadh gu 'm bheil sibh a' feuchainn ri bacadh a chur air ni a rùnaich Dia? Tha daoine air an cruthachadh air son a h-uile gairm laghail a th' anns an t-saoghal, agus gu ma fada 'ghabhadh e uamsa agus uaibhse oidhirp sam bith a thoirt air bacadh a chur air rùintean diomhair Dhé.

"Cha 'n aill le bhur mac a's òige lamh a chur ann an car dhe 'n obair a th' aig a bhràithrean. Thug sibh oidhirp air marsanta dheanamh dheth, ach cha do shoirbhich leibh. Am bheil a mhiann oirbh a chumail 'na thàmh aig an taigh? Ma tha, bidh aithreachas gu leor oirbh fhathast. Cha d' òrdaich Dia do dhuine sam bith a bhith 'cur seachad a bheatha 'na thàmh. Cha bhi fear sam bith fada 'na thamh gus an toir Sàtan obair gu leòr dha; agus cha'n i an obair a's fhèarr. Gabhaibh mo chomhairle-sa, agus leigibh leis falbh air feadh an t-saoghail g'a chosnadh fhein mar is fhèarr a's urrainn da."

Dh' éisd sinn uile ris na labhair e leis a' cheart uiread a dh' aire agus de chùram 's ged a bhiomaid ag éisdeachd a' mhinistear anns an t-searmon. Ach an uair a chuir e crìoch air na bh' aige ri radh, thuirt mo mhàthair, "Cha bhiodh mòran agamsa 'n agaidh dha falbh mur b' e gu 'm bheil eagal orm gun éirich beud dha, agus gu 'm faod e 'bhith tuilleadh 's a' chòir air a shàrachadh le obair thruim. Tha moran de mhaighstirean ann a tha tuilleadh is cruaidh air an luchd-muinntir ann an obair, agus nach toir ceartas dhaibh aon chuid ann am biadh no ann an leabaidh. Agus cha bu mhath leam gu 'm biodh mo mhac fo mhuinntearras aig a h-aon dhe 'n t-seòrsa."

"Tha e nàdarra gu leòr dhuibh a bhith 'g amharc air a' chùis anns an dòigh sin," ars' esan; "ach tha dòigh no dhà eil' ann air am feumar

amharc air a' chùis mar an ceudna. Tha 'n t-olc an so mar a tha e ann an àiteachan eile. Ged a chumadh sibh an ceangal ri bhur glùin e, cha téid agaibh air an olc a chumail uaithe. Cha 'n aithne dhomhsa gill' òg eile an diugh anns an àite as an d' thainig ni a's lugha feum, agus a's miosa gluasad na gille a bha 'na pheata aig glùin a mhathar riamh o rugadh e. An àite tomhas dhe 'thoil fhein a leigeadh le 'mac, agus a bhith 'guidhe gu dùrachdach air Dia gu 'n gleidheadh e o gach olc e, is ann a bha 'mhàthair 'n dùil gu 'n deanadh an gleidheadh agus an comhairleachadh a bha i-fhein a' deanamh air a chumail o dhroch ghnìomharan, agus o dhroch cuideachd.

"Cha 'n urrainn sinn ar clann a chumail ann an sealladh ar sùl an comhnuidh, agus ged a rachadh againn air so a dheanamh, cha b' urrainn dhuinn an cumail o 'n olc, no o thrioblaid agus o thinneas. Ach tha ar clann ann an sealladh Dhé aig gach àm, agus anns gach àite; agus, a bharrachd air so théid aigesan air an cumail o chunnartan aimsireil agus spioradail.

"Leugh sibhse, mar a leugh na h-uile 'tha 'cur meas air a' Bhiobull, eachdraidh Ioseiph. Ach is dòcha nach d' thug sibh fa near, mar bu chòir dhuibh, na teagasgan a tha 'n eachdraidh so a' cur fa 'r comhair.

"B'e Ioseph aon dhe 'n dithis mhac a bh' aig Iacob o 'n mhnaoi do 'n robh tlachd mòr aige, agus bha tlachd mòr aige dha araon a chionn gu 'n robh a mhàthair marbh, agus mar an ceudna, a chionn gu 'n robh e 'faicinn ni-éiginn ann a bha 'g a dheanamh na bu tlachd-mhoire 'na shealladh na na mic a bh' aige o na mnathan eile. Thug so air còta nan iomadh dath a dheanamh dha-seòrsa còta nach biodh duine sam bith a' caitheamh ach prionnsachan òga. Cha b' fheairrde Ioseph so ann an dòigh no dhà. An toiseach, bha 'n còta so a' leigeadh ris do Ioseph nach robh car obrach aige ri dheanamh, agus bha e gu nàdarra air 'àrdachadh 'na shealladh fhein. So suidheachadh inntinn nach 'eil idir freagarrach air gill' òg aig seachd bliadhna deug a dh' aois. Bha e os cionn a bhith buachailleachd na spréidhe anns an fhàsach, ach cha robh e os cionn a bhith 'g innseadh dhachaidh a h-uile droch rud a chluinneadh no chitheadh e mu dheidhinn a bhràithrean. Is olc an obair do dhuin' òg sam bith a bhith 'g innseadh dhroch naigheachdan air duine sam bith, gu h-àraidh air a bhraithrean fhein.

"A rithist, ghabh a bhràithrean gràin air. Ged a bha iad fhein a' saoithreachadh gu goirt, cha robh Ioseph a' dheanamh car; agus bha 'n còta a bha uime a' nochdadh dhaibh gu 'n robh Ioseph gus a bhith 'na oighre air gach ni a bhuineadh dhaibh an déigh bàs an athar. Uime sin, chuir iad rompa gu 'n cuireadh iad as dha.

"Ach chi sinn nach robh e coltach gu'n tigeadh soirbheachadh sam bith air Ioseph fhad 's a dh' fhanadh e ann an taigh 'athar, agus gu 'n char obrach aige ri dheanamh ach a' falbh an dràsda 's a rithist a dh' fhaicinn ciod a bha bhràithrean a' deanamh. Ach is ann an uair a thàinig e gu bhith fo chuing nan coimheach, mar a theirear, a thàinig soirbheachadh 'na rathad. Bu chruaidh a chàradh an uair a thilg a bhraithrean do 'n t-slochd e; bu chruaidh a chàradh an uair

a reic iad mar thraill e; agus cha bu mhath a shuidheachadh ann an taigh Photiphar; oir ged a bha maighstir math gu leòr air, bha fìor dhroch bhana-mhaighstir air. Agus bha chàradh ro chruaidh buileach fad an dà bhliadhna a bha e anns a' phrìosan, ceangailte, mar a tha 'n salmadair ag innseadh dhuinn, ann an iarunn. Ach fhuair e as a thrioblaidean gu léir a chionn gu 'n robh eagal Dhé air, agus gu 'n robh e 'g iarraidh cuideachaidh agus neirt o Dhia do ghnàth. Cha b' urrainn e gu bràth faighinn air aghart mar a fhuair e, mur b' e gu 'n deachaidh e troimh mhòran thrioblaidean. Agus cha 'n eagal nach fhaigh a h-uile gill' òg air aghart anns an t-saoghal, ma bhios e dìleas, fìrinneach, onarach ann an seirbhis a mhaighstir, ma chuireas e 'earbsa ann an Dia aig gach àm agus anns gach àite, agus ma sheachnas e gu buileach misg agus mi-bheus."

(Ri leantuinn.)

TRATHAN NA BLIADHNA.

"Rinn Thu an samhradh agus an geamhradh."—Sailm 74: 17.

THA 'n Salmadair ann an àite eile, an déigh dha beachd shònruichte a ghabhail air an tuigse, air a mhaitheas, 's air a chumhachd a tha air an nochdadh le dealbh sgiamhach, iongantach a' chruinne-cé, ag éigheach a mach: "Cia lionmhor d' oibrean, a Thighearna: ann an gliocas rinn thu iad gu léir. Tha 'n talamh làn de d' shaoibhreas." Is ann le bhi 'rannsachadh gu dichìollach agus gu mionaideach gnè 'us feum 'us éifeachd nan nithean a chruthaich Dia 's a tha sgaoilte 'n an uile àilleachd 'us maisealachd fa chomhair ar sùilean, a tha e 'n ar comas dearbh bheachd a's àirde 's a's soilleire 'thrusadh mu dheibhinn an Dia òirdheirc, glòrmhoir sin a ghairm air tùs gach neach 'us ni á neoni, agus anns am bheil againn uile ar bith, ar beatha, agus ar comas gluasaid. Ma dhearcas sinn air lòchran àghmhor nan speur le 'ghnùis ghrianach, chàirdeil, agus ma bheir sinn fainear gur i a' ghrian a tha ruagadh air falbh dorchadais na h-oidhche—ma ghleidheas sinn air chuimhne gur ann bho mhac nan speur a tha blàthas a' tighinn, agus mar an ceudna an solus glan, aoidheil, aidichidh sinn air ball gu bheil na sochairean araon lionmhor agus prìseil a tha gathannan dealrach na gréine a frasadh air an t-saoghail. Tha 'm buannachd féin aig an oidhche 's aig an dorchadas. Is ann an tràth a tha teas 'us treise na gréine 'fannachadh, agus i fein a deifireachadh a dh' ionnsuidh a leabaidh anns an àirde 'n iar, a tha 'n driuchd a' braonadh air gach learg 'us còmhnard, air gach lus 'us tom, air gach feur 'us fochann, air gach slìos 'us cladach.

Tha 'shocair, a shùgradh 'us aighear féin a' leantuinn gach trath de 'n bhliadhna. Anns an earrach tha gach ni mar gu 'm b' ann a' dùsgadh bho chadal fada, trom; tha 'n talamh ag ath-nuadhachadh a trusgain gu h-iomlan. Tha guirmead 'us bòidhchead a' cur sgèimh air gach fonn 'us faiche, air gach gleann 'us glaic. Tha ùiread 'us àilleachd r' am faicinn air gach coille 's preas 'us magh. Tha dichìoll 'us dealas 'us tapadh mor air an nochdadh leis na tuathanaich am feadh a tha iad a' deasachadh an fhearainn airson an

t-sìl. Tha eoin bhuchullach an adhair a' deanamh gnìomh gu dichìollach 'n an obair uaigneach, sheòlta féin, ann am mìle craobh 'us lon 'us creag. Thig an samhradh le greadhnachas 'us aoibhneas, agus thig gach geug 'us crann gu luath fo bhlàth. Comhdaichidh trusgan eireachdail ann an ùine ghearr na blàran a bha dubhach, gruamach roimhe. Cluinnear guth binn, ceileireach nan eun ag éiridh bho iomadh crann 'us preas, agus fàsaidh suas gu sgìpidh toradh

[TD 124]

[Vol. 12. No. 16. p. 4]

brioghmhor na talmhainn. Thig am fogharadh agus tha obair fein aige r'a dheanamh. Tha 'n t-àrthar ann an deich mìle achadh a nis abuich, agus tha na buanaichean le farum taitneach 'g a ghearradh sìos. Is firinneach agus is foghainteach briathran an t-Salmadair: "Crùnaidh Thu, a Dhé, a' bhliadhna le d' mhaitheas, agus silidh do cheuman saill. Silidh iad air cluainibh an fhàsaich, agus ni na cnuic gàirdeachas air gach taobh." Ach anns an fhogharadh, ged tha broilleach na talmhainn sgeadaichte le culaidh riomhach, lurach, tha sanas air a thoirt seachad nach 'eil an ùine ach gearr gus an caill an sruadh dreachmhor so a shnasmhorachd. Tha na craobhan a' crathadh an duilleagan gorma 's tha bàrr an fheadh a' seargadh, oir tha 'n geamhradh fuar a' tighinn gun moille 'dheanamh. Is e so an tràth de 'n bhliadhna anns am bheil dubhachas sgriobhta air aghaidh nàduir. Tha maise nam beann 's nan còmhnardan air falbh. Tha na sruthan brasa fuaimneach air an cuibhreachadh le geimhlean cruaidh. Gidheadh tha 'àilleachd 'us 'éifeachd féin aig a' gheamhraidh; oir nach e 'n Dia a tha mòr 'us glic 'us tuigseach a rinn an samhradh agus a rinn an geamhradh mar an ceudna.

Rinn Thu an samhradh. Tha sinn mar so a tuigsinn gur ann bho Dhia a mhàin a tha sonas 'us soirbheachadh a' sruthadh. Is esan a dheasuich solus agus grian agus a shuidhich uile chrìochan na talmhainn. Thug Dia dhuinn buaidhean inntinn leis am faod sinn toileachas nach 'eil gann no faoin fhaotuinn bho na seallaidhean gasda, ciatach leis am bheil an saoghal còmhdach. Tha gliocas mòr r'a fhaicinn leinn ann an trathan na bliadhna; oir nam bitheadh an geamhradh daonnan ann le 'reothadh cruaidh, le 'stoirmean beucach 's le 'ghaothan iargalta, dh'fhàsamaid sgìth, airsneulach, agus bhitheadh ar comas air sonas saoghalta 'fhaireachduinn 's a mhealtuinn gu h-anabarrach air a lughdachadh. Tha againn ann an so féin dearbhadh làidir air cia co gràs-mhor, glic 'us cothromach 's a dh' òrduich Dia gach ni. Rinn Dia an samhradh. Is e so an raidh anns am bheil tlus 'us tlàths 'us àghmhorach a deanamh aghaidh nàduir suilbhir, aighearach 'us tlachdmhor, ann an tomhas sònruichte. Tha sunnd 'us gean 'us subhachas a' lionadh an t-saoghail gu léir. Cha-n 'eil e comasach do neach air bith, ged dh'fhaodas e bhì air a chràdh le trioblaid no le euslaint, gun àgh, 'us tlachd, 'us faochadh a thrusadh agus fhaotuinn bho lionmhorachd nam beusan agus nam feartan a bhuineas do 'n t-samhradh. Tha 'ghrian anns an iarmailt shuas gun sgìos a' dòrtadh a nuas a gathannan prìseil agus a' giulan aiteis do gach neach 'us ni, do gach magh 'us aonach, do gach cnoc 'us fàsach, do

gach raon 'us àrd-bheann. Tha 'n cuan mòr, farsuing, luasganach gun ghruaim, gun stoirm. Tha 'thorman, a stri 's a bheucaich a nis aig fois. Tha sobhraichean agus neonainean maiseach agus lionmhor anns na h-achaidhean. Tha 'm fraoch gaganach, badanach a' sgeadachadh mullach nam beann le culaidh riomhach, agus a' crathadh a chinn 's ag aomadh ann an osaig chiùin an anmoich, a' deanamh gàirdeachas do bhrìgh gu bheil e féin co bòidheach-co anabarrach bòidheach. Tha gach faillean 'us fiuran ùrail, dosrach, agus tha 'n òg-mhaduinn mar an ceudna boillsgeanta le drùchd a tha 'dearrsadh ann an solus òg na gréine. Co a ghabhas beachd air an t-sealladh riomhach so nach aidich le ioghnadh gur e Dia 'rinn an samhradh. Is e Dia 'thug dhuinne 'na mhor-chaoimhneas comas air sonas bàigheil, gasda 'thrusadh agus a shealbhachadh. Ma dh'fhaidte gu bheil tlachd mor eadhon aig brùidean na macharach, am feadh a tha 'n samhradh blàth 'us carthannach. Tha iad 'n an dòigh bhalbh fein a' coimhlionadh ruin an Ti 'chruthaich iad; ach tha iad aineolach air fìor-àilleachd 'us maisealachd nan seallaidhean a tha m'an cuairt doibh. Nam bitheamaid-ne as eugmhais nam buaidhean àrda, fiachail a tha 'g ar togail os ceann ainmhidhean na macharach, cha bhitheadh comas againn air fiamh 'us grinnead 'us ciatachd an t-saoghail fhaicinn no 'mhealltuinn, no subhachas inntinn a tharruing asda. Ach chruthaich Dia sinn 'na dhealbh agus a réir a choslais fein, agus air an aobhar so, is urrainn duinn beachdachadh le tlachd air a liughad comharradh air gliocas 'us caoimhneas an Tighearna 'tha tràthan na bliadhna 'nochdadh.

Tha iomadh bliadhna on bha againn ann an Canada geamhradh co anabarrach fuar, reota ris a' gheamhradh a tha 'nis againn. Thainig a' bhliadhna ùr a stigh le fuachd geur, cruaidh. Ged tha 'm fuachd fallain agus a' tabhairt slàinte an uair nach 'eil e ro gheur, bithidh sinn shìos agus a bhos glé thaingeil an tràth a thig aimsir a's blàithe 's a's ciùine.

CONA.

Robinson Crusoe.

CAIBIDEAL IX.

GED a chuir mi am bata fo a lan aodach, chunnaic mi nach rachadh agam air a dhol am faigse air an luing, agus bha eagal orm gu'n rachadh i as an t-sealladh mu'n tugadh duine dhe na bha air bord innte an aire dhomh. Ach an uair a bha mi air thuar mo dhochas a chall, tha e coltach gu'n d' thug iad an aire dhomh leis na glaineachan, agus gu'n d' aithnich iad gur ann do'n Roinn-Eorpa a bhuineadh am bata. Bha iad a' smaointean gu'm buineadh i do luing air choireiginn a chaidh a chall, agus mar sin, thug iad a nuas cuid dhe na siuil gus cothrom a thoirt dhomh air dlùthachadh riutha.

Thug so misneach dhomh, agus o'n a bha bratach mo mhaighstir agam air bord, bha mi 'g a crathadh riutha mar chomharradh gu'n robh mi ann an eiginn. Loisg mi urachair mar an ceudna. Chunnaic iad araon a' bhratach agus ceo an fhudair, ged nach cual' iad fuaim na h-

urachrach. Chuir iad gu caoimhneil an long air a laidh-huige, agus ann an ceann thri uairean an uaireadair rainig mi iad.

Dh' fheoraich iad dhiom ann an canain Phortugal, ann an Spanish, agus ann am Fraingis, co mi, ach cha b' urrainn domh an tuigsinn. Ach mu dheireadh bhruidhinn seoladair Albannach a bh' air bord rium ann am Beurla, agus fhreagair mi e. Thuirt mi ris gu 'm bu Shasunnach mi, a bha 'nam thraill aig na Mooraich ann an Sallee, agus gu'n do theich mi. An sin thug iad gu caoimhneil gu bord mi-fhin agus Suraidh, agus a h-uile rud a bhuineadh dhomh.

Mar a dh' fhaodas neach sam bith a thuigsinn, bha aoibhneas do-labhairt orm gu'n d' fhuair mi mar so saorsa as an t-suidheachadh thruagh agus eu-dochasach anns an robh mi, agus thairg mi a h-uile rud a bhuineadh dhomh do sgiobair na luinge air son mo shaorsa thoirt dhomh.

Ach thuirt e gu caoimhneil rium nach gabhadh e dad uam, agus gu'n libhrigeadh e gu sabhailte dhomh gach ni a bhuineadh dhomh an uair a ruigemaid Brasil: "Oir," ars' esan, "shabhail mi do bheatha air na ceart chumhnantan air am bu mhath leam a bhith air mo shabhaladh mi-fhin; agus faodaidh e bhith, gu'm bi mise, aig aon am, no am eile, anns a cheart shuidheachadh anns am bheil thusa. A bharrachd air a' so," ars' esan, "an uair a bheir mi thu gu ruige Brasil, aite a tha cho fad' air falbh a do dhuthaich, nan tugainn uat a h-uile rud a bhuineas dhut, gheibheadh tu bas ann leis an acras, agus cha bhiodh an sin ach a' bheatha 'thug mi dhut a thoirt uat. Cha ghabh mi dad uat a Mhr. Sasunnach. Bheir mi gu ruige Brasil thu an nasgaidh, agus bidh na nithean so feumail dhut gus do chumail beo, agus gus do thurus dhachaidh a phaigheadh."

Mar a nochd e a charantas dhomh leis an tairgse mhath so, mar sin mar an ceudna bha e cho math ri 'ghealladh, oir dh' ordaich e do na seoladairean gun ghnathach sam bith a ghabhail ri dad a bhuineadh dhomh. An sin ghabh e seilbh air a h-uile rud a bhuineadh dhomh, agus an uair a sgrìobh e air paipear iad, thug e dhomh am paipear gus a ghleidheadh.

A thaobh mo bhata, an uair a chunnaic e gu'n robh i 'na bata math, thuirt e rium gu'n ceannaicheadh e uam i air son feum na luinge, agus dh' fheoraich e dhiom ciod a bhithinn ag iarraidh air a son.

Thuirt mi ris, o'n a bha e cho caoimhneil rium anns a h-uile doigh, nach cuirinn pris air a bhata, ach gu'm fagainn a' phris gu 'thoil fhein. Thuirt e rium gu'n tugadh e dhomh ceithir fichead bonn air a son an uair a ruigemaid Brasil, agus nam faighinn tairgse na b' airde oirre, gu'n deanadh e suas an t-suim dhomh.

Thairg e dhomh tri fichead bonn air son Shuraidh. Cha robh mi ro thoileach an tairgse so a ghabhail, cha b' ann a chionn 's nach robh mi deonach Suraidh a thoirt do 'n sgiobair, ach cha robh mi toileach a shaorsa a thoirt o'n bhalach bhochd an deigh dha cuideachadh a thoirt cho dileas dhomh a chum gu'm faighinn fhin mo shaorsa. Ach, air a shon sin, an uair a leig mi ris an t-aobhar do 'n sgiobair,

dh' aidich e gu 'n robh mi ceart, agus thairg e cordadh a dheanamh rium mar so: thuirt e gu'n tugadh e a shaorsa do 'n bhalach an ceann deich bliadhna, nan tionndadh e gu bhith 'na Chriosduidh. An uair a thuirt Suraidh gu'n robh e toileach a bhith 'na sheirbhiseach aig an sgiobair air a' chumhnanta so, thug mi dha e.

Fhuair sinn turus fabharrach gu ruige Brasil, agus ann an ceann da lath' air fhichead rainig sinn Bagh nan Uile Naomh. A nis, bha mi aon uair eile air mo shaoradh o'n t-suidheachadh cho truagh anns am b' urrainn duine bhith, agus dh' fheumainn smaointean air ciod bu choir dhomh a dheanamh 'na dheigh sid.

Cha'n urrainn domh gu brath caoimhneas an sgiobair a leigeadh air dichuimhn. Cha ghabhadh e dad uam air son mo thoirt gu ruige Brasil. Thug e dhomh fichead ducat-bonn a b' fhiach mu cheithir tasdain-air son bian na leopaird, agus da fhichead ducat air son bian na leomhainn, a bha agam anns a' bhata.

Dh' ordaich e a h-uile rud a bh' anns a' bhata a libhrigeadh dhomh, agus rud sam bith a bha mi toileach a reic, cheannaich e uam e, mar a bha a' cheis anns an robh botuil, a dha dhe na gunnachan, agus cnap dhe 'n cheir-sheillean; oir rinn mi coinnlean air a' chuid eile dhe na thug mi leam. A dh' aon fhacal, fhuair mi da cheud agus fichead bonn air na reic mi ris. Agus leis na bha'n so a dh' airgiod chaidh mi air tir ann am Brasil.

An uine ghoirid thug an sgiobair mi gu taigh duine choir, onaraich mar a bha e fhein-duine a

[TD 125]

[Vol. 12. No. 16. p. 5]

bha planndachadh siucair agus aig an robh taigh-siucair. Bha mi car uine a' fuireach comhladh ris, agus fhuair mi eolais air mar a bhitheadh 'planndachadh agus a' deanamh an t-siucair. An uair a thug mi fa near cho math 's a bha na daoine 'bha 'planndachadh an t-siucair a' caitheamh am beatha, agus cho goirid 's a bha iad a' fas beairteach, chuir mi romham, nam faighinn cead comhnuidh a ghabhail anns an aite, gu'n toisichinn ri planndachadh. Aig a' cheart am bha mi suidhichte gu 'm feuchainn air aon doigh no doigh eile ris an airgiod a dh' fhag mi ann an Lunnainn fhaotainn. Gus so a dheanamh, an deigh dhomh coir is cead fhaotainn ann an sgriobhadh, air tuineachadh anns an aite, cheannaich mi fearann fasail leis na bh' agam de dh' airgiod, agus bha mi gu curamach a' smaointean air mar bu choir dhomh mo ghnathaichean a shocrachadh, a chum gu'm biodh iad freagarrach air na bha mi gus fhaotainn a Sasunn.

Bha nabuidh agam do 'm b' ainm Wells. Rugadh ann an Lisbon, am Portugal e, ach b' ann de ghnath mhuinntir Shasuinn a bha athair 's a mhathair. Bha am fearann aige ri taobh an fhearainne agamsa, agus bha sinn gle mhor aig a cheile. Bha e cho bochd rium fhin; agus fad da bhliadhna, cha robh sinn a' deanamh leis a phlanndachadh ach na

bha 'gar cumail suas. Coma co dhiubh, thoisich cuisean air soirbheachadh leinn, agus bha ar cuid fearainn a' tighinn gu feum. Air an treas bliadhna thoisich sinn ri cur tombaca, agus dheasaich sinn pios mor an t-aon gus siucar a phlanndachadh an ath bhliadhna. Ach bha luchd-cuideachaidh a dhith oirnn; agus a nis thuig mi na b' fhearr na rinn mi roimhe, gu 'n d' rinn mi gnothach cearr an uair a dhealaich mi ri Suraidh.

Ach, mo thruaighe! cha robh e 'na ioghnadh mor gu 'n deanainn-sa gnothach cearr, agus nach d' rinn mi gnothach ceart riamh! Cha robh leasachadh air a' chuis ach mi dheanamh mar a b' fhearr a b' urrainn domh. Fhuair mi mi-fhin ann an ohair bha fad' o bhith a reir mo chomais, agus a bha calg-dhireach an aghaidh na beatha anns an robh mi 'gabhail toil-inntinn, agus air son an d' fhalbh mi a taigh m' athar, agus an do chuir mi cul ris a h-uile comhairle mhath a thugadh orm. Agus cha b' e sin a mhain, ach bha mi tighinn a dh' ionnsuidh na staidhe sin a bha m' athair a' miannachadh dhomh, eadhoin staid gun bhi bochd no beairteach. Agus nan do mhiannaich mi a dhol air aghart anns an staid so, bha e cho math dhomh a bhith air fuireach aig an tigh, agus gun mi-fhin a sharachadh anns an t-saoghal mar rinn mi. Agus bu tric a thuirt mi rium fhin gu 'm faodainn so a dheanamh ann an Sasunn am measg mo chairdean a' cheart cho math ri tighinn air astar choig mile de mhiltean gus a dheanamh am measg choigreach agus dhaoine fiadhaich, ann am fasach, agus an aite cho fad air falbh 's nach cluinninn uair sam bith a aon earrann dhe'n t-saoghal anns an robh a' bheag de dh' eolas orm. Anns an doigh so bu ghnath leam a bhith beachdachadh le mor-dhoilgheis air mo shuidheachadh. Cha robh duine agam a chumadh comhradh rium ach an nabuidh so an uair a thachramaid an drasta 's a rithist ri cheile. Cha robh obair ri dheanamh ach na dheanainn le mo lamhan fhin. Agus bu ghnath leam a bhith 'g radh, gu'n robh mi 'caitheamh mo bheatha coltach ri duine bhiodh air a thilgeadh air eilean fasail far nach biodh neach sam bith ach e fhein. Ach nach bu cheart an gnothach e, agus nach bu choir de na h-uile dhaoine beachd-smaoineachadh air, an uair a tha iad a' coimeas an suidheachaidh ri suidheachadh dhaoine a tha na's miosa dheth na iad-fhein, gu'm faod am Freasdal toirt orra tighinn gu suidheachadh a's miosa na 'n suidheachdadh anns am bheil iad, agus mar sin, dearbhadh soilleir a thoirt dhaibh o am fein - fhiosrachadh, air cho sona agus cho math dheth 's a bha iad an uair a bha iad a' gearain air an suidheachadh. Tha mi 'g radh, gu'm bu cheart an gnothach gu'n robh a' bheatha aonaranach ann an eilean fasail, uaigneach, iomallach, air an robh mise cho tric a' smaoineachadh air a cur air leith dhomh ann an riaghladh an Fhreasdail, o'n a bha mi gu tric a' coimeas mo staid, gun aobhar air a shon ri leithid sid de bheatha. Na 'n d' fhan mi le inntinn riarraichte anns an t-suidheachadh anns an robh mi, bha h-uile coltas gu'm faodainn a bhith gle shoirbheachail agus gle shaoibhir.

CAIB. X.

Bha mi ann an tomhas an deigh cuisean a shocrachadh mu dheidhinn mar bu choir dhomh teannadh ri planndachadh mu 'n robh mo charaid caoimhneil, sgiobair na luinge, a shabhail mo bheatha dhomh, deiseil gus tilleadh a Brasil. Bha 'n long fad thri miosan anns an acarsaid

eadar a bhith cur am mach an luchd, agus an luchd bu mhiann leis a thoirt air falbh fhaotainn air bord.

An uair a dh' innis mi do 'n sgiobair mu 'n airgiod a dh' fhad mi 'nam dheigh ann an Lunnainn, thug e dhomh a' chomhairle mhath agus chaoimhneil so:—"A Mhaighstir Sasunnach," ars' esan, oir is ann mar so bu ghnath leis bruidhinn rium, "ma bheir thu dhomhsa litrichean, agus ordugh air gnothach a dheanamh 'na d' aite, maille ri ordugh a dh' ionnsuidh an neach aig am bheil do chuid airgid ann an Lunnainn, gus na bhuineas dhut a chur a dh' ionnsuidh nan daoine a dh'ainmicheas mise ann an Lisbon, ann am bathair a bhios freagarrach air son na duthchadh so, bheir mi g' ad ionnsuidh e, ma 's toil le Dia, an uair a thilleas mi. Ach o 'n a tha uile ghnathaichean na beatha so buailteach do chaochladhean agus do thubaistean, bheirinn de chomhairl' ort gun ach fiach ceud punnd Sasunnach, sin ri radh, leith na tha thu 'g radh a dh' fhad thu ordachadh an toiseach. Ma ruigeas so thu gu sabhailte, faodaidh tu a' chuid eile ordachadh a rithist air a' cheart doigh. Agus ma chailleas tu so, faodaidh an leith eile bhith agad air son d' fheumalachd." Bha 'chomhairle so cho fallainn, agus air a toirt seachad ann an doigh cho caoimhneil 's nach b' urrainn domh gun a bhith dearbhte gu 'm b' e mo ghliocas a gabhail. Mar sin sgrìobh mi litir thun na mna-uasail aig an d' fhad mi an t-airgiod, agus thug mi ordugh do 'n sgiobair gach gnothach feumail a dheanamh 'nam aite, mar a dh' iarr e orm. An uair a sgrìobh mi gu bantrach an sgiobair Shasunnaich, thug mi dhi mion-chunntais air a h-uile car mar a thachair dhomh, mar a ghlacadh mi 's a rinneadh traill dhìom, mar a theich mi, mar a thachair an sgiobair a Portugal rium aig muir, an caoimhneas a nochd e dhomh, agus an suidheachadh anns an robh mi, agus dh' innis mi dhi mar a chuireadh i do m' ionnsuidh a h-uile rud a bha dhith orm.

Agus an uair a rainig an sgiobair coir, onarach Lisbon, fhuair e doigh, tre chuideachadh mharsantan Sasunnach a bh' anns a' bhaile, cha 'n e mhain an t-ordugh a thug mi dha a chur gu ruige Lunnainn, ach mar an ceudna lan-chunntas air mar a thachair dhomh a chur gu marsanta ann an Lunnainn, a dh' innse mar a thachair dhomh do 'n mhnaoi-uasail aig an robh mo chuid airgid. Cha b' e mhain gu 'n d' thug i seachad na bha mi 'g iarraidh dhe mo chuid airgid, ach as a pòcaid fhein chuir i suim mhath a dh' ionnsuidh an sgiobair ann am Portugal air son cho caoimhneil 's cho caranach 's a bha e riumsa.

Cheannaich am marsanta a bh' ann an Lunnainn fiach ceud punnd Sasunnach dhe 'n bhathar a dh' ordaich an sgiobair ann am Portugal dha, agus chuir e gu ruige Lisbon e, agus thug an sgiobair do m' ionnsuidh-sa e gu ruige Brasil. O 'n a bha mise og, aineolach anns an obair a bh' agam, thug an sgiobair ordugh a h-uile seorsa innealan a chur 'g am ionnsuidh a bhiodh feumail dhomh aig an obair a bh' agam, agus rinn iad feum mor dhomh.

An uair a rainig am bathar mi, bha mi 'n duil gu 'n robh m' fhortan deante, oir bha mi anabarrach aoibhneach. Agus an aite na coig puinnnd Shasunnach a chuir mo bhanacharaid g' a ionnsuidh air son cho caoimhnail 's a bha e riumsa a chur gu 'fheum fhein, is ann a cheannaich agus a thug e do m' ionnsuidh-sa seirbhiseach a bha gus a

bhith air fastadh agam fad shia bliadhna, agus cha ghabhadh e uam ach beagan tombaca a thug mi air a ghabhail, a chionn gur ann air an fhearann agam fhin a dh' fhas e.

Cha b' e so a mhain na thainig de shoirbheachadh 'nam rathad. Bu bhathar Sasunnach a thainig ugam gu leir, mar a bha clo agus iomadh seorsa aodaich eile, nithean a bha ro luachmhor agus feumail anns an duthaich. Chaidh agam air an reic air buannachd gle mhor. Faodaidh mi radh gu 'n robh corr 's a cheithir uiread agam de dh' airgiod 's a fhuair mi air son na reic mi ris an sgiobair an toiseach. Bha mi moran na bu bheairtiche na mo nabuidh, tha mi 'ciallachadh gu 'n robh mi air thoiseach air ann am planndachadh; oir b' e cheud rud a rinn mi, duine-dubh a cheannach, agus mar an ceudna seirbhiseach ffastadh a thainig as an Roinn-Eorpa; agus bha 'n dithis so agam a bharrachd air an fhear a thug an sgiobair g' am ionnsuidh a Lisbon.

Ach o 'n a tha soirbheachadh gu tric air a dheanamh 'na mheadhain air daoine thoirt gu trioblaid, b' ann mar sin a thachair dhomhsa. Shoirbhich leam anabarrach math air an ath bhliadhna. Bha leith cheud rodha tombaca agam a dh' fhas air mo chuid fearainn fhin, a bharrachd air na reic mi ris na nabuidhean air son rudan a thigeadh a chum m' fheumalachd fhin, agus bha corr is ceud punnd anns a h-uile rodha dhiubh. Bha iad air an deadh ghiollachd, agus chuir mi seachad iad gus an tilleadh na loingeis a Lisbon. Agus a nis, air dhomh a bhith soirbheachadh 'nam ghnathach agus a' fas beairteach, thoisich iomadh smaointeanan ri eirigh 'nam cheann mu dheidhinn ghnathaichean a bha fad' as mo chionn; smaointeanan, cinnteach gu leor, a tha gu tric a' toirt deadh luchd-gnathaich gu bochdainn.

Nan do lean mi romham anns an t-suidheachadh anns an robh mi, bha mi air cothrom fhaotainn air na nithean sin gu leir a shealbhachadh a bha m' athair a' moladh dhomh, a chum gu 'n caithinn mo bheatha gu socair, agus air an robh e gu tuigseach a' labhairt mar nithean a bha ri 'm faotainn gu pailt aig a' mhuinntir nach robh aon chuid bochd no beairteach. Ach bha nithean eile a' togail m' aire, agus bha mi gus a bhith, le mo lan-thoil fhin, 'nam mheadhain air mi-fhin a chur gu trioblaid agus gu truaighe. Agus gu sonraichte, gus mo choire a mheadachadh, agus an tuilleadh aobhair a thoirt dhomh gus a bhith smaointean air mo ghoraiche 'na dheigh sid an uair a gheibhinn uine air aithreachas a ghabhail. Bha h-uile mi-fhortan a thainig 'nam rathad ag eirigh o 'n mhiann laidir a bha agam air a bhith falbh o aite gu aite. Bha mi ro dheidheil air a bhith leantuinn mo thoile fhin, a dh' aindeoin cho soilleir 's a bha e dhomh gu 'm faodainn feum math a dheanamh dhomh fhin le dhol air aghart anns a' chursa a bha am freasdal gu nadarra a'

[TD 126]

[Vol. 12. No. 16. p. 6]

comharrachadh am mach dhomh gus a leantuinn. Mar a lean mi mo thoil fhin an uair a dh' fhalbh mi a taigh m' athar, mar sin mar an ceudna cha b' urrainn domh a nis a bhith riarraichte le fuireach far an robh

mi, ach dh' fheumainn falbh agus an deadh choltas a bha agam air fas beairteach far an robh mi fhagail 'nam dheigh. Cha robh de dh' aobhar agam air so a dheanamh ach am miann gun chiall a bha agam air fas beairteach ann an uine na bu ghiorra na bha freagarrach dhomh gu nadarra. Air an doigh so thilg mi mi-fhin sios a dh' ionnsuidh doimhneachd truaighe cho mor 's a thachair ri duine riamh. Bheir mi nis seachad, ma ta, beag air bheag, mion-chunntais air a' chuid so dhe mo naigheachd. Bha mi nis mu cheithir bliadhna ann am Brasil, agus bha am planndachadh air toisicheadh ri dhol leam gle mhath. Cha b' e mhain gu 'n d' ionnsaich mi canain na duthchadh, ach bha eolas agus cairdeas air fas suas eadar mi-fhin agus na daoine' eile a bha 'planndachadh anns an aite. Chuir mi eolas air na marsantan a bh' ann an St. Salvador mar an ceudna. B' e so am baile-puirt a bh' anns an aite.

An uair a thachradh dhomh a bhith ann an cuideachd 'nam marsantan, agus a' comhradh riutha, is minic a thug mi cunntais dhaibh mu dheidhinn an da thuruais a thug mi gu corsa Ghuinea, mu 'n doigh anns an deanteadh malairt ris na daoine-dubha a bh' anns an aite, cho furasda 's a bha e or, gran, fiaclan elefant, agus daoine-dubha a cheannach faisge air a chladach, air son rudan suarach mar a tha griogagan, deideagan, sgionan, siosair, tudhannan, bideagan de glaine, agus an leithidean sin. Chomharraich mi am mach dhaibh gu 'm biodh e furasda gu leor moran de dhaoine-dubha fhaotainn gle shaor anns an aite ud, agus gu 'n deanadh iad feum mor ann am Brasil.

Dh' eisd iad an comhnuidh le deadh aire ris na naigheachdan a bha mi 'g innseadh dhaibh gu h-araidh ris na bha mi 'g innseadh dhaibh mu dheidhinn ceannach nan daoine dubha. Aig an am ud cha robh reic is ceannach dhaoine-dubha ach air ur-thoiseachadh, agus dh' fheumteadh cead fhaotainn o righrean na Spainne agus Phortugal, agus an gnothach a bhith air a chur ann an sgriobhadh. Air an aobhar sin, is e fìor bheagan dhaoine-dubha a bha air an ceannach, agus bha iad gle dhaor.

Thachair dhomh air feasgar araidh a bhith ann an cuideachd feadhainn dhe na marsantan agus dhe 'n luchd planndachadh air an robh mi eolach, agus thug sinn greis air comhradh mu dheidhinn nan nithean so. Air an ath mhadainn thainig triuir dhiubh far an robh mi, agus thuirt iad rium gu'n robh iad a' smaointean gu dluth air na bha mi 'g innseadh dhaibh an oidhche roimhe sid, agus gu 'n d' thainig iad far an robh mi gus tairgse a chur gu diomhair fa m' chomhair. Agus an deigh dhaibh geasan a chur orm nach tugainn guth air a' ghnothach, thuirt iad rium gu 'n robh iad a' smaointean air long fhaotainn deiseil gus a dhol gu ruige Guinea. Bha fearan planndachaidh aca gu leir mar a bh' agam fhin, agus thuirt iad gu 'n robh iad gle eiseil a chion sheirbhiseach. Agus o nach b' e malairt a bh' ann a b' urrainn daibh a chumail air aghart, o nach fhaodadh iad na daoine-dubha a reic gu follaiseach an uair a thigeadh iad dhachaidh, cha robh 'nam beachd a dhol a dh' iarraidh nan daoine-dubha ach an aon turus, agus an uair a bheirteadh gu falachaidh air tir iad, bha iad gus an roinn 'nam measg fhein. Agus, a dh' aon fhacail, dh' fheoraich iad dhìom an rachainn comhladh riutha gus a' mhalairt a ghabhail os laimh, o 'n a bha mi eolach air mar a

ghabhadh a' chuis deanamh ann an Guinea. Bha iad fhein gus na daoine-dubha a cheannach, agus bha iad gus lan-earrann dhiubh a thoirt dhomhsa air so mo dhragha.

(Ri leantuinn).

BARDACHD NA FEINNE.

CUCHULLAINN 'NA CHARABAD.

ROIMH-RADH.

AIR bhith do Chuchullainn 'na ghaisgeach treun agus buadhach, air chor is nach 'eil eachdraidh againn air aon de ghaisgeich na Feinne bu mhò treuntas na e, ach a mhàin Goll agus Oscar, deirear mar shean-fhacal, an uair a bhios duine làidir ann, nach gabh eagal roimh ni sam bith, gu 'm bheil e cosmhail ri Cuchullainn. Thàinig Fionn a chuideachadh Chuchullainn ann am blàr a bha eadar e 's an Garbh mac Stairn. Chuir an Garbh mac Stairn teachdaire a ghabhail beachd air coslas Chuchullainn a' tighinn 'na charabad, agus an uair a thill an teachdaire, labhair an Garbh 's e fhein ri chéile mar so:

—

Cia fàth do thuruis, no do sgéil?
Fàth mo thuruis is mo sgéil,
Feara Eirinn sud mar chimear,
Air teachd chugaibh as a' mhagh,
'N carabad air am bheil dual fiodharra fionnduinn.
Air a dheanamh gu lùthar, làmhach, tachdail,
Far am bu lùthar 's far am bu làidir,
'S far am bu làn-ghlic am pobull ùr.
'S a' chathair fhrasanta, rannduidh,
Caol, cruaidh, clocharra, colbhuidh,
Ceithir eich chliabh-mhòr 's a' chaomh charabad sin.
Ciod a chimear 's a' charabad sin?
Chimear 's a' charabad sin,
Na h-eich bhalg-fhionn, chalg-fhionn, chluas-bheag,
Slios-tana, bas-tana, eachmhor, steudmhor,
Le sreunaibh chaola, lainnire, limhor,
Mar leug, no mar chaoir-theine dearg;
Mar ghluasad laoidh creuchda maoslich;
Mar fharum ghaoith chruaidh gheamhraidh,
Teachd chugaibh anns a' charabad sin.
Ciod a chimear 's a' charabad sin?
Chimear 's a' charabad na h-eich liath,
Lughor, stuadmhor, làidir, threismhor,
Stuagmhor, luathmhor, thagmhor,
A bheireadh sparradh air sgeiribh na fairge as an caraigibh,
Na h-eich mheargantach, tharagaideach, threiseadach,
Gu stugmhor, lughor, dearrsa-fhionn,
Mar spuir iollaire ri gnùis an ana-bheathaich,
De 'n goirear an liath-mhor mhaiseach,
Mheachtruidh, mhòr, mhùirneach.

Ciod a chimear 's a charabad sin?
 Chimear 's a' charabad sin, na h-eich
 Chinn-fhionn, chrodh-fhionn, chaol-chasach,
 Ghrinn-ghruagach, stobhradach, cheann-ardach,
 Srol-bhreideach, chliabh-fharsuinn,
 Bheag-aosda, bheag-ghaoisidneach, bheag-chluasach,
 Mhor-chridheach, mhor-chruthach, mhor-chuinneanach,
 Seanga, seudaidh, 's iad searachail,
 Breagha, beadarra, boilsgeanta, baath-leumnach,
 De 'n goirear iad an Dubh-seimhlinn.
 Ciod a bhiodh 'na shuidhe 's a' charabad sin?
 Bhiodh 'na shuidhe 's a' charabad sin an laoch
 Cuaimiseach, cumhachdach, deadh-fhaclach,
 Liobharra, loinearra, deadh-mhaiseach.
 Tha seachd seallaidh air a rosg;
 'S ar leinn gur math am fradharc dha.
 Tha sia meòir chnamhach reamhar
 Air gach laimh tha teachd o ghualainn;
 Tha seachd fuilteana fionn air a cheann;
 Falt donn ri toinnte a chinn,
 'S falt sleamhuinn dearg air uachdar,
 Is falt fionn-bhuidh air dhath an òir,
 'S na faircill air a' bharr 'ga chumail,
 Do 'n ainm Cuchullainn, mac Seimh-Suailte,
 Mhic Aoidh, mhic Aigh, mhic Aoidh eile.
 Tha aodann mar dhrithleanna dearg,
 Lughmhor air leirg mar luath-cheathach sleibhe,
 No mar luathas eilde-faonaich,
 No mar mhaigheach air machair-mail.
 Gu 'm bu cheum tric, ceum luath, ceum muirneach,
 Na h-eacha a' teachd chugainn,
 Mar shneachd air snoighead nan sliosaidh
 Ospartaich agus unaghartaich
 Nan eachaidh g'a t-ionnsuidh.

Litir a Boston.

FHIR-DEASACHAIDH,—Ged nach eil mi fhein gle eolach air sgrìobhadh na Gàilig, tha mi dol a thoirt oidhirp air beagan fhacal a sgrìobhadh aig an àm so, bho 'n tha an t-àm a bhi cur dolair gu MAC-TALLA air ùr-thighinn gu ar n-ionnsaidh. Cha 'n 'eil mi faicinn a bheag de litrichean á Boston 'dol gu MAC-TALLA ged is iomadh facal Gàilig a tha air a labhairt ann, eadar da cheann na bliadhna. Tha mi tuigsinn gu bheil an sneachda pailt ann an Ceap Breatuinn aig air àm so; agus gu dearbh tha sinne faighinn ar roinn fhein dheth an so. Tha seann luchd-àiteachaidh a bhaile ag radh nach fhac' iad uiread sneachda còmhladh air na sràidean bho chionn àireamh bhliadhnaichean, agus b'e sin an sneachda nach bi fada geal an deigh dha tuiteam. Bha mi còmhradh ri aon de sheann luchd-leughaidh MHIC-TALLA bho chionn ghoirid, agus thuirt e gum b' fhearr leis gu 'n cuireadh sibh ann an clò aon uair eile, Sgeulachd Dhaibhidh Ghrannnd agus Pàruig òg agus an déile. Thainig i anns a MHAC-TALLA bho chionn beagan bhliadhnaichean ach cha 'n 'eil mi cinnteach gur e so an tiodal

ceart. Ach bhithinn gle thoilichte a leughadh aon uair eile. Tha mi toilichte an deagh luchd-sgrìobhaidh tha cur litrichean ugaibh bho àm gu àm. Ach cait an deachaidh Micheil? cha'n eil mi cluinntinn guth uaithe. Mo bheannachd agad a Choinnich Mhic Fhearghuis; cha robh fios agam gu robh thu cho maith air a Ghàilig. Is ann rium a chord an dàn molaidh a fhuair sinn bhuaht a rinn thu do luchd-sgrìobhaidh a phaipeir bhig ghrinn is toil leinn air fad. Ach facal beag dhuit mu 'n dùin mi mo litir-

A Choinnich choir, gu robh thu beachdmhor,
'S gun sgrìobh thu sios am briathran tlachdmhor,
Gach aon bha sgrìobhadh gu Mac-Talla,
Bho 'n ear 's bho 'n iar;
Ach c'ait an d'fhàg thu mo sheann charaid,
Do'n ainm "Ceann Liath?"

Nis gheibh sibh trì dolair anns a litir so, aon bhuan fhìn agus aon an neach bho 'n da charaid a tha mi 'g ainmeachadh.

Bidh mi nise co-dhùnadh le bhi guidhe bliadhna mhath ur do MHAC-TALLA 's do chàirdean. Bho aon do luchd-leanmhuinn dileas.

N. L.

Ann am Brixton, an Sasunn, cha mhor gu robh latha turaidh aca o 'n thainig a bhliadhn' ùr. Tha inneal-thomhais an deigh a nochdadh gu 'n do thuit còrr is sia òirlich dheug air fhichead a dh' uisge re a mhios; se sin ri radh, na 'n robh an t-uisge a' fuireach air uachdar an talmhainn mar bha e 'tuiteam, gu 'm biodh e nis còrr is slat air dhoimhead.

Chaidh Cashel, am murtair a theich á priosan Chalgary a ghlacadh a rithist, agus bha e air a chrochadh a reir na binne Di-màirt s'a chaidh. An deigh dha teicheadh chuireach dàil 'sa chrochadh, oir na 'n robh an latha chaidh a shònrachadh an toiseach air a dhol seachad, gun sin a dheanamh, bhiodh esan marbh ann an sealladh an lagha, 's cha ghabhadh e cur an greim tuilleadh.

[TD 127]

[Vol. 12. No. 16. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn

taighe.
Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

“Ceannaich o’n Chuideachd a’s Motha, ’s caomhain t’ airgead.”

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.
Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>
FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON’S PHARMACY.<gai>
An Stòr-chungaidhean a’s fhèrr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-0s cionn Stòr Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tìgh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a’s fhèrr am Breatunn ’s an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>

CORPAICHTE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE \$2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3½% 'sa bhliadhna.

Plaigh nan Radan.

Tha cuid do 'n Ghalldachd làimh ri Dunéideann am an eigin mhòir anns na laithean so le plàigh radan a tha air tighinn orra. Is mòr an t-eòlas a tha ri fhaotainn an diugh air gach taobh; ach a réir coslais cha 'n fhaighear innleachd eifeachdach air bith a chuireas às do na radain far an tòisich iad air tuineachadh 'nan lìonmhoireachd mar tha ann an ceàrnan Lothian an diugh. Tha na creutairean fiadhaich smiorail so a' deanamh sgrios mòr anns na h-àitean so; agus tha coin is cait gun fheum ann a bhi 'gam marbhadh. Ach cha 'n ann 's a' Ghàidhealtachd a mhàin a gheibhear an creutair so gu tric a' buadhachadh. Tha iad a' deanamh sgrios mòr aig an àm so ann an Lunnuinn agus ann an àitean eile ann an Sasunn; agus tha Mr Seòras Malcolm Ionarghairidh ag innseadh dhuinn gu 'n do lean no gu 'n d'fhoillsich radain iad fèin suas mu thrì mìle troigh air taobh beinne far an robh luchd-obair a' deanamh ghàraidhean crìche. Ach cha robh fhios cò às a thàinig iad. Marbhaidh puinnsean iad gun teagamh; ach tha so car cunnartach a thaobh bheathaichean eile. A rèir coslais bith iad a ghnàth dlù do àitean far am bheil còmhnuidh is tàchar aig daoine. B' àbhuist do na bàird Ghàidhealach a bhi 'gan cur air theicheadh o bhaile le bhi deanamh aoirean dhaibh. Tha eagal oirnn gu 'n do chaill bàird an latha 'n diugh an seann chomas so.

An Cu.

Is e an cù gun amharus am beathach is dilse do'n duine. Ged a bhiodh cù gu nadurra fiadhaich, gidheadh tha e cho umhal da 'mhaighstir 's is urrainn a bhith, gu toigheach a frithealadh gach gluasad 's gach guth, 's a' gràdhachadh eadhon an lamh a smachdaicheas e.

Tha mor eadar-dhealachadh eadar cuid do choin, mar tha an t-abhag agus am miol-chu; gidheadh theireadh neach sam bith gur e coin a tha annta. Buinidh na coin do'n aon treibh gu nàdurra ris na cait; ach tha na cait air an ceangal gu h-àraidh ri àitean 's ri tighean sònraichte, ach leanaidh an cu mar is tric a' mhaighstir. Tha mar an ceudna gliocas sònraichte aig a' chù; cha mhor nach saoilleadh neach gu'n tuigeadh cuid de choin na h-uile facal a rachadh a ràdh riù. Tha sgeul air innseadh mu dheidhinn da chù a bha aig duine uasal àraidh, 's nuair a theireadh e ri aon diubh eirigh agus coiseachd, agus ris an aon eile ruith, dheanadh gach aon diubh an ni a rachadh iarraidh air mar gu'm b'e creutairean reusanta a bhiodh annta. Tha an cu mar an ceudna gle luath, agus tha fàile ro mhath aige; 's mar is tric 'sann ri fhàile a dhearbhas e mar tha e air lorg ni sam bith.

Tha cuid de choin a tha feumail ann an iomadh dòigh; mar a tha an cù chaorach, an seorsa 's pailte 's an taobh tuath, 's cha mhor nach faicear fear dhiubh aig (no anns) a h-uile tigh croitear. Tha e gle iongantach gu 'm biodh an cù air ainmeachadh ann an doigh cho suarach; mar a their iad "Cha 'n 'eil ann ach cu," 's "Cha 'n 'eil beatha a choin aig," ach thainig na facail so air tùs on Eiphit far an robh an cu air a mheas gle shuarach. Gidheadh tha na coin measail aig a chuid is mò agus is maith is fhiach iad e.

Cosdas an Lagha.

'Nuair a thuiteas daoine bochda ann an làmhan an lagha tha fhios aig a' mhuinntir ghleusda thuigseach ciod a thachras. Dh' fhàg fear Ruairi MacNeill ann an Girvan, an Alba, corr is mìle punnd Sasunnach 'na dhéigh gu bhi air a roinn am measg nan càirdean, agus às a sin bha dà cheud gu leth ri dol gu làimh té Fionnaghal nic Neill no nic 'Illeathain. Dh' eirich connspoid mu'n te so, agus chaidh iad gu lagh mu'n dà cheud gu leth. Ach cha do chunntais iad 'nam measg fein gu de a chostadh an lagh dhaibh. Cca robh na bu lugha na seachd fir-lagha anns a' chùis, agus 's e a thuirt am breitheamh gu'n d' ith iad suas an dileab gu leir eatorra fein. Thuirt e mar an ceudna gu'm feumadh e amharc a steach anns a' chùis so. Ach feudar a ràdh gu'n d' fhalbh an t-airgiod, agus nach bi e gle fhurasda sgillin dheth so fhaotainn air ais. O'n ghnòthuch to tha e soilleir ri fhaicinn gu'm bheil a' chuid a 's motha a tha dol gu lagh uailleil amaideach. Tha a mhuinntir ud glic a ghleidheas iad fein as na làmhan cruaidh greimeil so. Bidh gloichdean a' deanamh uail mu dhol an deigh ceartais; ach gle thric cha'n fhaigh iad ceartas anns na cùirtean lagha. Anns na ceàrnan ud cha 'n fhaic thu gu tric ach ròpaichean fada do laghan eucorach. Tha eadar-dhealachadh mòr eadar lagh agus ceartas. Agus thigeadh do chàirdean glic gleusda so a' chuimhneachadh 'nuair a smuainicheas iad gluasad a mach gu sunntach gu cùirtean an lagha.

Thachair sgiorrachd uamhasach ann am mèinn-ghuail am Pennsylvania air an t-seachduin s'a chaidh. Bha an sgiorrachd air aobharachadh le spraidheadh. Cha deachaidh ach gann duine de na bha 'g obair anns a

mhèinn aig an àm a shàbhaladh. Tha dlùth air naodh fichead corp air a thoirt aisde cheana, agus tha tuilleadh gun fhaighinn fhathast.

B' ann oidhche Di-sathuirne 's maduinn na Sàbaid s'a chaidh a thainig an reothadh bu truime bh' againn am bliadhna. Tha cuid ag radh gu robh am fuachd ma bu mhò na bha e o chionn deich bliadhna fichead. Bha an "t-airgiod-beò" a seasamh eadar 13 is 16 fo sero. Ach bha side chiùin ann, agus mar sin cha robh am fuachd air fhaireachadh cho mor 'sa bha e làithean eile air a gheamhradh so fhein.

Chaidh Amede Bourgeois, Frangach òg a mhuinntir Cheticamp, a mharbhadh aig na <eng>Coke Ovens<gai> Di-luain s'a chaidh. Bha e air a bhualadh le cnaig a dh' fhàg e fein le dearmad ann an roth inneil mu'n robh e 'g obair. B' àbhaist a bhi tionndadh an roth leis a chnaig so nuair bhiodh an inneal na tàmh, agus bhiodhte 'ga toirt as cho luath 'sa chuirte 'n inneal a dh' obair. Bha 'n anail ann nuair a fhuair e, ach chaochail e mu'n robh ùine air a thoirt air falbh. Bha e 'g obair aig cuideachd an iarainn o chionn thri bliadhna, sia mìosan de'n ùine sin aig an obair ris an robh e nuair chaidh a mharbhadh. Bha e sia bliadhna fichead a dh' aois.

An Sruthan.

(O'n "Fhear-chiùil.")

Chunnaic mi 'n sruthan
Ag éiridh 's a mhunadh,
'S a' triall air a thurus,
Feadh ghlumag a' chàir;
A' fiaradh a' mhullaich,
'S a' siaradh na tulaich,
Ag iarraidh le bruthaich,
'S a thurus gu tràigh.

A shruthain air an t' athais,
Nach dean thu rium mailis,
Dé aobhar do chabhaig?
Fan tamull mar 'tha;
Na cluanagan uaine,
An achlais nam fuar-bheann,
'Car cagar a' d' chluasan,
Thu 'ghluasad gu fàil.

Chunnaic mi 'n sruthan,
A' teanadh a' bhruthaich,
Gu mear a' cur chuir dheth,
'S na buinneachan blàth;
A' ruith mu na stacain,
A' leum bhàrr nam bacan,
Is eóin bheag' na h-ealtainn
Ri caiseamachd dha.

A shruthain, a shruthain,
Nach dean thu rium fuireach,
'S gur goirid an turus,
O mhunadh gu tràigh;
Nùair ruigeas tu 'n réidhlean,
Cha bhi thu cho éibhinn,
Theid moille 'sa cheum sin
Tha eutrom an dràs.

Chunnaic mi 'n sruthan,
Gu cianail a' siubhal,
A' chuing air a mhuineal,
'S e umhal air fàs;
A' gluasad gu dubhach,
An amar dubh giubhais,
A thionndaidh na cuidheall,
Aig muileann a' ghràin.

A shruthain, a shruthan,
Gur mise 'tha duilich,
A' sealltainn na buile,
Gu 'n d' chuireadh thu 'n dràs;
Do bhùrn àir a thruailleadh,
Do shruth air a bhuaireadh,
Is barrag na druaipe
Mu d' bhruachan a' snàmh.

Chunnaic mi 'n sruthan,
Seach baile nan turaid,
A' giulan nan luingeas,
Bu truime gu sàil';

[TD 128]

[Vol. 12. No. 16. p. 8]

Amhairc an So!
'san ath aireamh airson
SANAS UR
bho
<eng>The Canadian Bank of Commerce
Sydney, C. B.
P. C. STEVENSON, MANAGER.<gai>

Air caochladh cho buileach,
An aogasg 's an cruitheachd,
Bho 'n chaochan a chunnaic
Mi 'sruthadh troimh 'n chàr.

A shruthain, a shruthain,
Mo bheannachd a' d' chuidéachd,
Cha 'n fhada ceann-uidhe

Nan uile bho d' chàs:
Tha fuaim a' chuain bhith-bhuain
A' d' chluasan a' dinneadh,
Gur suarach an t slighe,
'S i 'n giorrad a' fàs.

Tha feasgar an latha,
A' tarruing am fagus,
An cala 'san t-sealladh,
'S an gabh thu gu tàmh;
Ach faicear thu fhathast,
Air sgiathan na maidne,
Gun smùr no gun smal ort,
Mar chanach a' chàir.

Aisling Dhomhnuill Bhain.

LE IAIN MAC PHAIDEIN, AN GLASCHO.

Tha Dòmhnall bàn an Lagan Dùrain,
Mar is nòs, gu grundail ciallach,
Bheir e comhairle 's a mhionaid
'S cha'n fheum thu 'sireadh na a h-iarraidh;
Nochdaidh e gu toileach dhuit,
An dòigh 's an dian thu ruc, 's cruach-mhòna,
Mar a stiùrar long no bàta,
'S mar a chàras tu do bhrògan,-
'S a h-uile dad.

Gur h-ìomadh bliadhn' a tha e 'g altrum
A bheachd, 's a bheil e cinnteach.
'Se so am beachd, 's cha suarach e,
A th' aig air uachdar inntinn;
'Se sin na 'n d' fhuair e còmhradh,
Ris a' Bhan-rìgh chóir, mar theireadh e,
Gu 'n ceartaicheadh e h-uile nì,
'San rìoghachd so, 's do dh-eilthirich;-
Air bheagan dragh.

Nach eil mu'n Chùirt, cha dian e àicheadh,
Neach, a bheag nì 's fheàrr na burraidh.
'S gu 'm b' fheàrr do'n dùthaich iad bhi às
A chionn cha dian iad math do dhuine;
Moran fòghlum còmhradh riaspach
'S ailis-bhialain aotrom,
'S gun eanachainn anns na cinn aca,
Ni mo na chit 'san aotroman
Thig as a mhart.

Tha Dòmhnall rud beag ceann-laidir,
Thig pàirt d' a chainnt gun fhiosd' air,
Cha 'n 'eil moran maoin aige,
Oir b' fheàrr leis daonnan gliocas.

Ach oichche shònraicht, chaidh a ràdh,
Mun deach e tàmh, bha 'mhisg air,
Ach gabh e shuipeir fallain slàn
De dheadh bhuntàta 's pìocach
Mu 'n d' thug e srannd

Mu mheadhon oìdhche thug e leum às
'S dh-éirich e o 'n chluasaig
'Na shuidhe dìreach anns an leabaidh
'S fhallas air a' ghruaidhean,
"Dùisg 'us éisd mo dhìomhaireachd,
Mu 'n toir an dìchuimhn uam e.
Iseabal, a ghràidh mo chridh,
An toir thu brìgh a brudar,-
An cluinn thu so?

Thainig teachdaire o'n Bhan-rìgh,
Nall 'na dheann ga m' iarraidh,
Litir shéilichte 'na phòca,
'S briathran beòil bha briagha.
Dh'fhalbh mi ged nach fios dhomh ciamar,
Mur robh mi air sgiathan,
Bha mi taobh 'stigh na cachla,
Mu 'n d' fhairich mi gu'n thriall mi,
Gu 'n robh mi 'n sud.

'S e chuir spleumas air mo shùilean,
Na bha mheas a lùbadh gheugan,
Cha 'n fhacas riamh a leithid de dh' àite,
O'n bha Adhamh an Gàradh Eden;
Bha gach rathad mor 'us bealach,
'S fir 'g am faire mar a dh' fheumadh.
'S mu 'n d' rainig mi dorus a' chadha
Chosd mi na bh' agam de Bheurla,-
'S cha b' fheairrd mi sud.

Bha gill' aig gille, air feadh an aite,
'Us fhreagradh iad le meur a ghluasad,
Am fear a fhuair comann air càch ann,
Gu 'n robh a shròn cho àrd ri Cruachan;
Com na spaglainn, stràiceil, pròiseil,
A chionn a chòta bhi cho briagha;
'S ged bha na botuil air a bhòrd,
Ri Dòmhuill cha duirt e, "a bheil beul ort,
No 'm blais thu so."

Bha cam-chraos gàir' air seorsa duine,
'S e 'na shuidhe thall mu 'm choinneamh,
Dh'aithnich mi gu'n d'rinn mi di-chuimhn',
Saoil an tug mi dhìom mo bhoineid,
Chuir mi suas mo làmh gu spìonadh,
Bhàrr mo chinn 's g'a cuir am phòca,
An tubaist cha deach m'fhalt-sa 'shlìgeadh,
Cha robh cìr ann o Dhi-dòmhnuch,

'S bha sud mar sud.

Dh' fhosgail dorus, rinn e diosgan,
Bha fuaim an t-sioda tigh'nn troimh 'n tranrsa,
So i tighinn tha mi cinnteach
'S an sturraicean grìsfhionn so mu m' cheann-sa;
Leis a' mhiapadh dh' fhag mo thùr mi,
'S bhuaill mo ghlùinean air a chéile,
'S truagh nach robh mi 'm feachd rìgh Pharaoh,
'S anns gach plàigh a bh'anns an Eipheit,
Mu 'n robh mi so.

Dhìuc i stigh, mar reul a' boillsgeadh,
Com na loinn is aoibheil gàire,
'S cha'n 'eil mo bhan-charaid 'san sgìreachd
Bhiodh rium fhìn a leith cho càirdeil,
Rinn sinn crathadh làmh cho caoimhneil
'S ged a b' oighre mi air fortan,
'S mu 'n robh i tiota anns an t-seòmair
Rug i air sgòrnan air botul
'Us lion i mach.

Lion i glaine mor de 'n "Tòiseach"
Thug seachd bliadhna 's còrr 'sa bhuideal,
'S dh' at mo chridhe le toil-inntinn
'N uair a bhuaill e shìos mo shlugan;
Ach ged thòisich mi air seanachas,
Rinn mi dearmad air na cùisean,
'S le càsd a reiteachadh mo mhuineil,-
Fàth mo dhunach, 's ann a dhùisg mi,
Mo chall 's mo chreach!

Thuirt a bhean, "Leig leamsa cadal,
'S beag mo thlachd de leithid a dh' ùpraid,
Chuala mise o chionn fada
Mu 'aisling caillich mar a dùrachd.'
Cha 'n 'eil brìgh bheir neach tha beò as
A ni do threòrachadh gu gliocas,
'S ann a dh' ith thu ghràidh a Dhomhnuill
Tuilleadh mor 's a' chòir de 'n phiocach
Mar thuirt mi riut."

"Cuist a chaillich, tog de d' chrìocan,
An e 'n spìocairaachd th' air d' aire;
Cha 'n 'eil breithneachadh ad inntinn,
Thuigeas ni de 'n tha mi cantainn.
O nach gabh thu suim de 'm bhriathran,
Ach mar ni nach b' fhiach leat aithris,
Ithidh mi na bheil 'sa chliabh ud,
'S chi mi 'm brùadar ciadna 'n ath-oidhch;
Na abair diog."

ANNS AN STOR UR

LE STOC MOR DE DH

Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula

ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE

air Sraid Shearlot.

<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

Tha sinn

A CREIC A MACH AR STOC IOMLAN

de dh'

Airneis 's de Bhrait-Urlair

air na chosd iad.

<eng>Gordon & Keith,

A. T. Grant, Manager<gai>

350 Sraid Shearlot, Sidni, C. B.

<eng>Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

[Dealbh]

A. J. BEUTAN,

(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>

Sidni, Feb. 8, '01.

A. J. BEUTAN.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.
M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.
<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c.; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaire Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glaskan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

Mac-Talla.

Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.

Bliadhna, \$1.00

Tri Miosan, .30

Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu

<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 129]

[Vol. 12. No. 17. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, FEBRUARIDH 19, 1904. No. 17.

Rinneadh barrachd marbhaidh le sgiorraidhean air roidean-iaruinn nan Staidean an uiridh na rinneadh ann an cogadh Africa mu dheas bho thoiseach gu dheireadh. Ann am Breatunn tha cuid de bhliadhnachan a' dol seachad gun aon bheatha bhi air a call le sgiorrachd rathaid iaruinn: 's ann uair anabarrach ainneamh a nithear call mor. Tha so a nochdadh gu bheil an t-sith na's marbhthaiche anns na Staidean na tha 'n cogadh ann am Breatunn.

Thuirt breitheamh araidh 's e 'cur càs fa chomhair <eng>jury<gai> anns a bhaile so, "nach robh e uair sam bith a leughadh phaipeirean-naidheachd Shidni, agus gu robh e creidsinn nach bu mhisid e sin idir." Is briathran iongantach iad so a beul fir-sgoltaidh ceartais. Na 'm biodh e gu riaghailteach a leughadh phaipeirean a bhaile so-agus gu sonraichte MAC-TALLA-cha'n eil fhios am bbiodh e cho ullamh gu cur sios orra. Agus faodar gu h-ìomchuidh fheòrach am bheil e na chomharradh air inntinn bhreithneachail ann an duine a bhi diteadh ni no neach air am bheil e le dheoin fein aineolach?

Bha taghaidhean air-son na h-àrd-phàrlamaid ann an deich siorrachdan Di-mairt s'a chaidh,-sia an Cuebec, a dha an Ontario, aon an New Brunswick 's aon an Eilein a' Phrionnsa. Bu Chonservatives a bha roimhe so anns an da shiorrachd a bha fosgailte 'n Ontario, agus bu Liberals a bha 'sna h-ochd siorrachdan eile. Fhuair dithis Liberals

a stigh an Cuebec gu h-aon-ghuthach, agus chaidh sia de na siorrachdan eile leotha. Choisinn na Conservatives an da shiorrachd a bh' aca roimhe, agus fhuair iad <eng>St. John's, N. B., <gai> as ùr. Tha na taghaidhean mar sin a' fagail taobh an riaghlaidh aon duine na's laige na bha iad. B' ann an <eng>St. John <gai> a bha 'n t-Onarach A. G. Blair gus 'n do ghabh e dreuchd o'n riaghladh mar cheann-suidhe Comhairle 'n Rathaid Iaruinn.

Bha luchd-riaghlaidh <eng>Sydney Mines, <gai> ris an abrar 'sa Ghàilig Baile na mèinne, no a Mhèinn a Tuath, air-son ainm ur fhaotainn. Thug iad cuireadh do'n t-sluagh ainmean a bhiodh freagarrach a chur a stigh gu cléireach a' bhaile. Thainig corr is ceud ainm a stigh, agus as an àireamh sin thagh a chomhairle le bhot a chinn-suidhe "Stahlburg," facal Gearmailteach 'tha ciallachadh "baile 'n iarunn." Bha moran an aghaidh an ainme sin, a chionn nach robh ceangal aig a Ghearmailt riamh ris an dùthaich so, agus gu 'm b' fhearr, ma bhatar a' dol a thaghadh ainm ùr, facal Beurla, no Gailig, no Fraingis no Innseanach a ghabhail. Bha coinneamh aig muinntir a' bhaile an oidhche roimhe, agus thainig iad dh' ionsuidh a cho-dhùnadh gu'm b' fhearr an t-olc eòlach na 'n t-olc aineolach, nach gabhadh iad "Stahlburg" mar ainm air chor sam bith, agus gu 'n gleidheadh iad an t-ainm a bh' aca.

Tha e ro-choltach nach teid moran ùine seachad gus am bi Baile na Meinne agus Sidni Tuath air an aonadh ri cheile, agus cha bhiodh e na bhuanachd mhor ainm aon seach aon dhiu atharrachadh gus an tig sin gu crìch. Nuair a thig, tha sinn fein an dochas gu'n taghar ainm a chumas air chuimhne gur sliochd Ghaidheal an roinn mhor de shluagh a bhaile-mhoir ùir agus na duthcha tha g'a chuairteachadh.

Cha'n eil ach aon tigh-cluich fosgailte ann an Chicago o'n thachair an sgiorrachd uamhasach an aon diu toiseach na bliadhna. Tha luchd-ceartais a' cur coire air an ard-bhàillidh Harrison 's air ofaigich a' bhaile a chionn nach do ghabh iad curam de na tighean-cluich roimhe, gus an deanamh sàbhailte. Ach tha Harrison ag radh nach robh sin na'n comas: nach bu luaithe rachadh iadsan a chur an lagha dh' obair na thigeadh sgaoth de dhaoin' inbheach a bhaile a ghuidhe gu'n sguireadh iad. Air an aobhar sin bha na tighean-cluich air am fàgail cho mi-shàbhailte 's a bha iad, agus bha na ceudan air an cur a dhith nuair a bhris a cheud teine a mach.

Tha Donnachadh C. Friseil, a bha o chionn àireamh bhliadhnachan na fhear-pàrlamaid do shiorrachd Ghuysboro, air a dheanamh na Bhreitheamh do Ard Chùirt Nobha Scotia. Tha Mr. Friseil na dhuine comasach, mar fhear-lagha 's mar fhear-pàrlamaid. Cha'n eil òraidiche 'sna Roinnean Iochdrach a's taitniche r'a éisdeachd. Bheir an sgeul gu bheil e nis air cathair a' bhreitheanais toileachadh mor d'a chàirdean aig am bheil earbsa gu'm bi e cho math mar fhear-ceartais 's a bha e gu ruige so mar fhear-stàite. Cuide ri bhuidheann eile tha 'm Breitheamh Friseil na Ghàidheal gu chùl aig am bheil meas mor air eachdraidh, cliù is cainnt a shìnsir. Gu ma

fada beò e is ceò as a thigh!

Tha na stoirmeannan a bh'ann o chionn dha no trì sheachduinean a cur gu dona ris na roidean-iaruinn. Ann an siorrachd Inbhirnis bha 'n trein a tha ruith eadar <eng>Broad Cove<eng> is Hastings, pàirt de'n ùine air a cur na tàmh gu buileach. Thatar ag ràdh gu 'n d' rainig duine Sidni an là roimhe a thug naodh latha a' tighinn á <eng>Broad Cove.<gai> Tha 'n sneachd an iomadh àite na chuitheachan cóig troighean deug a dhoimhnead. Eadar so is Halifacs tha na treineachan a ruith gu math riaghailteach, ach an trein bu chòir a bhi ruigheachd Shidni mu mheadhon-oidhche Di-luain, cha d'rainig i gu oidhche Di-màirt. Air an trein sin bha 'm Breitheamh Meagher a tighinn dh'ionnsuidh na Cùirte Moire. Bha i ri fosgladh maduinn Di-màirt, ach a chionn am breitheamh bhi air a chumail anmoch cha d' fhosgail i gu Di-ciaduin. B'e so a cheud uair air am fiosrach sinn a chuir sìde Cheap Breatunn maille air ceartas.

Tha Ruisia is Iapan a nis a' cogadh. Air an t-siathamh là de'n mhios ghairm Iapan a teachdaire air falbh á Ruisia, agus air an ochdamh là bha cheud bhlàr air a chur. Tràth maduinn Di-luain thainig cabhlach-chogaidh Iapan gu <eng>Port Arthur,<gai> far an robh cabhlach aig Ruisia air acair. Anus a bhlàr a thòisich an sin bha trì de shoithichean cogaidh Ruisia air an cur o fheum. Feasgar an latha sin fhein bha dha eile de shoithichean-cogaidh Ruisia air an cur do'n ghrund faisg air Chemulpo, air cladach Chorea. Tha àireamh de shoithichean eile aig Ruisia ann a Vladivostok, ach a réir coltais cha'n fhaigh iad as gu samhradh, oir tha 'n acarsaid reòta. Tha Iapan mar sin air a cheud bheum buadhach air a mhuir, agus feumaidh Ruisia an deigh so an cogadh a chur air adhart bho thìr. Tha iomadh naidheachd a tighinn do nach faodar moran creideis a thobhairt. Cha robh call beatha glé mhor air taobh seach taobh. 'S e call nan soithichean a's mò a dh' fhairicheas Ruisia na call beatha, mor 's g'am bitheadh e. Tha gu leòr de shluagh aice a ghabhadh àite na feadhach a rachadh a mharbhadh; ach cha'n urrainn dhi call nan soithichean a leasachadh, oir cha'n eil port aice anns am faigh i an càradh.

Tha daoine is mnathan ann fhathast a ghabhas mar fhirinn gach ni a chi iad ann an clò. Tha lan earbsa aca anns na paipeirean-naidheachd. Cha'n eil toil againn idir an cur as an earbsa sin; ach feumar aideachadh gum bi na paipeirean uair is uair ann am mearachd. Bha sgeul bheag a dhearbhas sin ann an caochladh phaipeirean o chionn ghoirid, ag innse mar a choisinn Sir Cailein Caimbeul a chommission 'san arm. Bha ceannard airm Breatunnach-Diuc Wellington, ma's math ar cuimhne,-a' cur seisd ri baile-mor anns na h-Innsean. Thug e 'n aire do dhuineachan beag air an robh coltas fìor thapaidh a streap a bhalla, ach cho luath 'sa rainig e mhullach chaidh a thilgeadh air ais, 's thainig e car m'a char dh' ionnsuidh an làir. Cha bu luaithe rainig e 'n làr na dh' eirich e 's a thug e oidhirp eile; air an turus sin chaidh leis, agus chòrd a thapadh cho mor ri Wellington 's gu'n d' fhuair e commission dha. B'e 'n duineachan

tapaidh sin Cailein Caimbeul. Is sgeul gle bhòidheach so, gun choire sam bith ach nach eil facal dhi fìor. Cha bu Chaimbeulach Sir Cailein idir; bhuineadh e do Chloinn Iomhair. Cheannaich brathair a mhathair commission dha nuair ghabh e 'san arm. Le mearachd chaidh ainm a chur sìos mar Chaimbealach, 's mar sin chaidh fhagail. Tha de thapadh 's de threunas a churaidh so air innse ann an eachdraidh fhirinneach na dh'fhoghnas gus ainm a chumail air chuimhne fhad 's a bhios muinntir a dhuthcha 'gabhail tlachd ann an cliu nan daoine o'n d' thainig iad. Cha'n eil a dheagh ainm a' cur feum sam bith air sgeul de'n t-seorsa chaidh aithris, sgeul anns nach eil fìrinn a dhluth no dh' uachdar.

[TD 130]

[Vol. 12. No. 17. p. 2]

Naidheachdan.

Chailleadh àite-suidhe eile do Chamberlain 'sa phàrlamaid Bhreatunnaich Di-haoine s'a chaidh. Tha fiosan dh' ionnsuidh nam paipeirean-naidheachd o àm gu àm ag innse gu bheil beachdan Chamberlain air cùisean stàite a faighinn buaidh mhor. Ach tha na taghaidhean a reir coltais ag innse sgeul eile.

Air tàille a chogaidh tha 'm flùr 's an ti air éirigh am prìs. Tha barailte flùir an diugh dolair no dolair gu leith na 's daoire na bha e, agus an ti sent no dha am punnd. Tha na h-uibhean daor aig an àm so cuideachd, 40c. an dusan, ach cha'n eilear a cur a choire sin air a chogadh. 'Se 's coireach ris fuachd a gheamhraidh a bhi cur tilleidh air na cearcan.

Bhuail da threin na cheile aig <eng>Sand Point,<gai> tri fichead mìle 'n ear air Ottawa, seachduin gus an Di-màirt s'a chaidh. Bha ceithir duine deug air an grad mharbhadh agus fichead air an leòn. Bha aon de na treineachan a dol an iar 's an tè eile tighinn an ear nuair a bhuail iad na cheile, an comhair an cinn. Bha an sgiorradh air aobhachadh le sgioba h-aon dhiu a dhol bhar an òrduigh a thugadh dhaibh.

Bha taghadh ann an <eng>Cape Colony<gai> o chionn ghoirid. Fhuair na Breatunnaich an àireamh bu mhò de 'n daoine chur do 'n phàrlamaid, agus tha an Dotair Jamieson ri bhi na phrìomh mhinistear. Cha d' fhuair Sir Gordon Sprigg, am fear a bha air cheann an riaghlaidh roimhe so, do 'n phàrlamaid idir air an turus so. Bha Jamieson dlùth-cheangailte ri ionnsuidh mhi-shealbhach a thugadh air an Transvaal a thoirt fo chis àireamh bhliadhnachan mu 'n do thoisich an cogadh.

Is ann an Canada a tha 'm fear-pàrlamaid a's sine air am bheil iomradh. Air a cheart latha so, Di-haoine an naodhamh la deug de Februaridh, tha an Seanair Wart ceud bliadhna dh' aois. Tha e gu glàn, fallain a dh' aindeoin aoise, agus bidh e na àite-suidhe 'san t-Seanadh air an earr-so mar a b' àbhaist. An uiridh, thairg an

riaghladh càr a chur g'a ghiùlan o 'dhachaidh an <eng>New Brunswick<gai> gu Ottawa. Dhiùlt an curaidh tapaidh an tairgse sin a ghabhail: an càr a dh' fhoghnadh do dhaoin' eile, dh'fhoghnadh i dhàsan.

Bha da mhìle sia ceud trì fichead is naodh pòsadh ann an Nobha Scotia air a bhliadhna chaidh seachad. Dhe 'n àireamh sin cha robh ach trì cheud 's trì fichead "air an eigheach 'san teampull Di-dòmhaich," réir an t-seann chleachdaidh. Ann an siorrachd Cheap Breatunn, bha 411 pòsadh; ann an Victoria, 10; ann an Richmond, 20; ann an Inbhirnis, 52. Tha 'n cùntas so a' nochdach gu 'm b'ann 'sna siorrachdan bu mhò an soirbheachadh bu mhò àireamh nam posaidhean. Tha an ni ceudna cheart cho fìor mu na siorrachdan a ar tha air taobh thall a' chaolais.

Oidhche Di-ciaduin, an treas la de'n mhios, thachair gnothuch muladach ann an Montreal. Chaidh tigh fir Crawford Lapine 'na theine, agus bha ceathrar de na bha stigh air an losgadh-bean an tighe, dithis chloinne is fear Tomas Hare, nach buineadh do'n tigh. Bha ceathrar eile anns an tigh a fhuair teicheadh le leum a mach air uinneig. Bha Lapine fhein air falbh air cheann turuis an oidhche thachair an sgiorrachd uamhasach so da theaghlach. Bha teine eile anns a bhaile Di-sathuirne s'a chaidh leis an deachaidh triùir a chur gu bàs agus seachdnar a dhroch leòn. Tha teintean ann an togalaichean móra anabarrach cunnartach.

Tha baile-mor Shidni ri àrd-bhàillidh is coignear chomhairleach a thaghadh air a' cheud la dhe 'n mhàrt. 'Se Di-màirt s'a tighinn la an ainmeachaidh. Aig am sgrìobhaidh cha 'n eil a tairgse air-son na h-àrd-bhàillidheachd ach aon duine, W. A. Richardson, agus tha e coltach gu 'n teid e stigh gu h aon-ghuthach. Air-son chomhairleach, cha 'n eil fhathast a ruith anns a' cheud roinn de 'n bhaile ach Iain A. Young, no 'sa choigeamh roinn ach Calum H. Moireasdan. Anns an dara roinn tha triùir a ruith:—Tearlach Mac Fhionghain, J. W. Kyte, agus L. X. Domhnullach. Anns an treas roinn tha dithis a ruith:—Raonull Gillios agus Harry Morley. Anns a' cheathramh roinn tha triùir a ruith:—A. D. Falconer, Domhnull A. Mac Coinnich, agus Seumas A. Cléireach. Fo 'n lagh ùr tha an taghadh mìos na 's anmoiche na b'abhàist fo sheann lagh a bhaile.

Tha 'n cogadh beag a tha Breatunn a cur air adhart ann an Somaliland an deigh muillion gu leith dolair a chosd dhi cheana. Tha gach mìos a tha 'dol seachad a cosd cairteal muillion eile dhi. Cha chluinnear iomradh air a chogadh so ach uair ainneamh.

Tha mèinn Bhrìdigeport na tàmh agus ri bhi mar sin mìos no dha eile. Tha mu thri ceud duine air an fàgail gun obair air tàille sin. 'Se 's aobhar do 'n mheinn a bhi air a dunadh nach eil uiread guail ga 'reic 'sa chumas na mèinnean uile ag obair. Bidh i air a fosgladh a rithist cho luath 'sa bhrìsteas an t-earrach 'sa thòisichear ri cur guail do Chuebec 's do Mhontreal.

Bha na ròidean-iaruinn ann an Ontario air an dùnadh suas le sneachda toiseach a mhios so. Bha na treineachan a ruith, ach bha gach aon

diu ruigheachd a cinn-uidhe anmoch. Bha cuid diu gu tric ceithir uairean fichead air deireadh. Bha moran de na bailtean a' fulang le cion guail air tàille sin, oir leis cho doirbh 's a bha e na treineachan a chumail air obair cha robh e comasach gual gu leòr a ghiùlain d' an ionnsuidh.

Tha sia fichead is aon òsdair a creic dibhe làidir le cead laghail ann am baile Halifax. Tha an àireamh am bliadhna na 's mò na b' àbhaist. Cha'n eil cùnntas air an àireamh a tha creic an aghaidh lagha, ach thatar a meas gu bheil eadar da cheud gu leith is coig ceud eile ris. Chuir comhairle a bhaile bill fa chomhair na pàrlamaid air-son lagh ùr a dheanamh a thaobh reic deoch làidir, lagh a bhiodh moran na b' fhàbharraiche dha na 'n lagh a th' ann. Chaidh am bill sin a thilgeadh a mach leis a phàrlamaid.

Am measg nan dannsairean a bh' aig banais an Grand Mira seachduin gus an Di-màirt s'a chaidh bha:-Lachuinn Gillios, aois 79 bliadhna; Peigidh Chaimbeul, aois 73; Calum MacFhionghain, aois 76; agus Peigidh NicFhionghain, aois 83. Dhanns a chreathrar so ruidhle Ghàidhealach ri ceòl fuarmeara na pioba-moire; cha chuireadh ceòl bu lugha binneas air ùrlar idir iad. Chòrd an ruidhle gu sàr-mhath ris gach aon a bha làthair, agus tha iad a guidhe saoghal fada do 'n cheathrar a ghluais iad fein cho foghainteach 'san t-seann dannsa Ghaidhealaich.

Anns an sgiorrachd a bha air an rathad-iaruinn aig <eng>Milford, N. S., <gai> air an treas la dhe'n mhios, bha dithis air am marbhadh, agus ochd deug air fhichead air an goirteachadh. Cha d' fhuair as gun ghoirteachadh beag no mor ach ceathrar. Cha'n eil fhios gu ceart ciod a dh' aobharaich an sgiorrachd, ach chaidh coig càrachan bhar an rathaid 's a thilgeadh do'n chlais. Bha'n trein a dol timchioll lùb a bh' anns an rathad, agus tha cuid a deanamh dheth gu robh cuid de na <eng>rails<gai> air an cur beagan as an àite leis an reothadh. Ge b'e dé bu choireach tha aobhar a bhi taingeil nach robh an sgiorrachd moran na bu mhiosa na bha e.

Bha teine mor ann am Baltimore, 'sna Stàidean toiseach na seachduin s'a chaidh. Thòisich e mu aon uair deug maduinn Di-dòmhaich, agus lean e gu feasgar Di-luain. Chaidh seachd fichead acaire de thogalaichean a losgadh, cuide ris a mhor chuid de'n bhathar a bh' anna. Bu thaighean-gnothuich iad uile, agus tha mu leth-cheud mile pearsa air am fàgail gun obair. Tha an call air a mheas timchioll air ceud muillion dolair. Bha aon duine air a losgadh no air a mharbhadh; ach 's ann tha e iongantach an call beatha bhi cho beag. O'n chaidh so a sgrìobhadh thainig fios ag radh gu robh an call moran na bu lugha na bha cheud fhios ag radh. Tha luchd-urrais de'n bharrail nach bi e thairis air coig muillion fichead dolair.

Bha Fernando Maderjio, an t-Eadailteach a mharbh fear dhe 'luchd-dùthcha ann an <eng>New Aberdeen,<gai> air a thoirt dh' ionnsuidh na Cùirte Mòire ann an Sidni Di-haoine an ceathramh la de'n mhios. Aig meadhon oidhche, an deigh fianuisean a chluinntinn, thug an <eng>jury<gai> seachad mar bhreith gu robh Maderjio ciontach, ach gu'm b' ann 'ga dhion fein a bha e. Dhiùlt am breitheamh Meagher a

bhreith sin a ghabhail uatha, ag radh ma bha iad a' creidsinn gu'm b' ann ga 'dhion fein a bha'n duine gu'm bu chòir dhaibh a shaoradh. Chaidh iad an sin air ais d' an seòmar fein, far an robh iad gu da uair 'sa mhaduinn, nuair thug iad a mach nach b' urrainn daibh aontachadh. Tha Maderjio, air an aobhar sin ri bhi air fheuchainn a rithist aig cùirt an t-samhraidh. Tha na fianuisean a bha gu ruige sin air an cumail sa phriosan air an leigeil a mach air urras.

MAC FHIONGHAIN AN T-SRATH.

CHA 'n urrainn sinn, le mor chinnt, dol air ais an eachdraidh na fineachan Gàidhealach na 's fhaide na 'n treas linn deug. Na 's tràithe na sin cha 'n 'eil againn ach beul-aithris air a chuid mhor de na tha air a thoirt dhuinn mu eachdraidh ar cinnidh. Ach, ged tha sin mar sin, tachraidh cuid de dh' ainmean ar cinn-cinnidh ruinn anns na linntean roimh sud. Nam measg sin tha 'n t-ainm Mac Fhionghain. Anns a' bhliadhna 976 bha aon de 'n ainm sin na Mhaormór an Alba, ni tha nochdadh gu 'n robh Clann Fhionghain aig an àm ud am measg nam feadhnach a bha ann an àrd inbhe anns an rioghachd. A rìs, tha Lachlainn Mac Fhionghain 'na fhianuis ri Bann Sgriobhte a thugadh do Dhòmhnallach nan Eilean air mìr fearainn anns a' bhliadhna 1409. Tha fìor sheann charragh-cuimhne ann an I Chalum Chille a bhuineadh do Chloinn Fhionghain. Bha e air a ghearradh le mor chùram agus maise. Tha e, tha mi 'm beachd, ri fhaicinn fhathast. B'e 'n t-Srath 'san Eilein Sgitheanach oighreachd Mhic Fhionghain. 'S e Mac Fhionghain an t-Srath an tiodal aige. 'S e Srath Mhic Fhionghain a theirear ris a phàirt ud de 'n eilein gus an là an diugh. Bha da chaisteal aig Mac-Fhionghain anns an t-Srath, Caisteal Dhun-Rìnghill agus Caisteal Dhun-Achduinn. Tha làrach an fhir mu dheireadh a dh' ainmich mi ri fhaicinn fhathast. 'S e Caisteal Maol is ainm dha an diugh. Bha e air a thogail air creig ri oir a chladaich, beagan an ear air aiseag a chaoil. Tha e air aithris gur e nighean rìgh Lochlann a thog an daingneach ud, agus gur ann gu bhi togail cìs o gach long is curach a readh troimh 'n chaol a bha e air a thogail. Tha cnoc air cùl a chaisteil air am biodh fear faire 'cumail sùil air gach taobh sìos is suas an caol, agus is e Cnoc an fhaireachaidh is ainm dha fhathast.

A bharrachd air na bha de dh' fhearann aig Mac Fhionghain anns an Eilein Sgitheanach, bha stiall mhor fearainn agus caisteal aige ann am Muile, far am biodh e le 'theaghlach a cur seachad greis de 'n ùine o àm gu àm.

Bha Clann Fhionghain agus na Domhnallaich daonnan na'n deagh chàirdean do chàch a chéile. 'S iomadh cath cruaidh agus fuilteach anns an do sheas iad guala ri guala. Nuair a bha Domhnallach nan Eilein aig 'àirde 's e Mac Fhionghain a bha na 'àrd-cheannard airm aige; agus a réir gach teist a th' againn air a chinneadh ud, cha bu dona thigeadh sin da. Ged nach robh Clann Fhionghain cho cumhachdach, a thaobh nach robh iad cho lionmhor, ri cuid eile de na fineachan Gàidhealach, bha iad glé iomraideach air son cruadail agus gaisge. 'S iomadh blàr teth a thug iad an aobhar muinntir eile cho math is nan aobhar fhéin. 'S e fear de 'n chinneadh so a bha na

fhear-brataich aig Morofhear Dòmhnallach Shléibhte. Bha 'n dreuchd a leantuinn o linn gu linn 'san aon teaghlach, agus bu leis an Fhear-bhrataich, mar dhuais air son na dreuchd, baile Dhuisdalebeg, faisg air eilein Diarmaid an Sléibhte. 'S e Clann Aonghais a bha nam fir-bogha aig Mac Fhionghain anns an aimsir o shean mu'n robh gunna is fùdar air an cleachdadh. Bhiodh freiceadan de Chlann Aonghuis aige mu 'n cuairt d'a phearsa, agus a thuille air sin bha aig an fhear-bogha ri ionnsachadh ann an laimhseachadh bogha-saighde, agus ann an cuspaireachd, a thoirt do na daoine 'òga a bha gu bhi na'n saighdearan. Bha baile saor aig an fhear-bhogha o Mhac-Fhionghain, baile d' am b' ainm Dail na Saighdearan. Bha e aig an aon teaghlach de Chloinn Aonghais fad iomadh linn, a thaobh 's gu 'n robh

[TD 131]

[Vol. 12. No. 17. p. 3]

dreuchd an fhir-bhogha 'ruith 'san aon teaghlach, am mac an déigh an athar 's an t-ogha an déigh a mhic.

Tha iomradh againn air iomadh treun laoch de Chloinn Fhionghain, ged nach urrainn sinn a chur sios anns an litir ghoirid so. Am measg chàich tha eachdraidh a' toirt cliù air gaisge agus deagh bheus Sir Lachlainn, a bha ann 'san aon àm ri Dòmhnall Gorm Shléibhte agus ri Ruairidh Mór Dhunbheagain. Bha iad na'n triùir a tuineadh air an aon eilein agus cha robh na'n déigh no romhpa cinn-feadhna aig an robh barrachd urram o'n daoine 's o'n luchd-eòlais, no am barrachd cliù air son gaisge, onair, agus fialaidheachd. Rinn Rìgh Seumas VI. ridire de Lachlainn air son a threubhantais agus air son a dhìlseachd do 'n chrùn. Bha Clann Fhionghain gu math treun air taobh nan Stiubhartach. Anns a' bhliadhna 1650 thog Mac Fhionghain reisimeid de 'chinneadh féin gu cuideachadh le Rìgh Tearlach II., agus bha e leò ann am blàr Worcester, far an d' rinneadh ridire dhe. Bha ceud gu leth saighdeir de Chloinn Fhionghain ann am blàr Sliabh an t-Siorra, a cogadh fo bhratach Sir Dòmhnall Sléibhte. Ann am bliadhna Thearlaich bha Mac Fhionghain a mach leis a' Phrionnsa agus sia fichead de a chinneadh féin aige fo 'chomannd. An déigh Chuilfhodair rinn e gach dichìoll, mar a rinn iomadh fear eile, air a' Phrionnsa fhalach. 'Nuair a dhealaich Flòiri Dhòmhnallaich ris a' Phrionnsa aig Port-rìgh chaidh e do 'n t-Srath agus chaidh Mac Fhionghain le sgioba bàta a null gu Cnoirdan leis, far an robh e fo 'n choill gus an do thà e as do 'n Fhraing. Nuair a bha Mac Fhionghain a tilleadh dhachaidh an déigh dha dealachadh ris a' Phrionnsa, fhuair na saighdearan dearga greim air. Thugadh do Lunnainn e, far an robh e air a chumail na 'phrìosanach faisg air da bhliadhna. Nuair a bhatar ga chur ma sgaoil, thuir ofigeach Sasunnach ris: "'S ann duit bu chòir a bhi 'n comain an rìgh a tha ga d' leigeil dhachaidh." "Ma ta," ars' an seann laoch 's e freagairt, "nam biodh an rìgh na m' laimhsa mar tha mise an laimh an rìgh, chuirinn a chomain cheudna airsan-chuirinn dhachaidh e gu 'dhùthaich féin."

Thainig iomadh caochladh o'n uair sin air Srath Mhic Fhionghain.

Coltach ri iomadh ceann-cinnidh eile anns a' Ghàidhealtachd, chaill an teaghlach oighreachd an sinnsre, 's tha iad an nis air an sgapadh air feadh an t-saoghail. Ach ged tha sin mar sin tha iomadh aon diubh a deanamh deagh ainm dhaibh féin ann an caochladh chearnan, le bhi leantuinn dlùth ri cliù an sinnsre. Tha e fìor d'an taobh ann an tomhas mòr gu bheil iad na'n cliù do thir an dùthchais.

Anns an eaglais 's anns an stàit
'S leis na Gaidheil urram àrd;
'S mor an onair sin a ghnàth
Do 'n tir a dh' àraich og iad.

Is mise do charaid an là a chi 's nach fhaic.

C. C.

AM MAC A B' OIGE.

Leis an Urr. Iain Mac Ruairidh.

CAIBIDEAL V.

CHA d' éisd mi riamh roimhe cho dlùth agus cho foighidneach 's a dh' éisd mi ris na labhair an duine còir tùrail, tuigseach ud. Thuig mi gu 'm b' ann gus a leigeadh ris do m' athair 's do m' mhàthair gu 'm bu chòir dhaibh mo leigeadh air falbh a labhair e riutha. Bha m' athair 'na dhuine cho measail air teagasg a' Bhìobuill ri duine a chunnaic mi riamh. Agus air an aobhar sin, dhrùigh na briathran a labhair an duine còir 'na éisdeachd anabarrach trom air an inntinn aige. Ghabh e ioghnadh gu leòr nach d' thug e riamh fa near ciod a bha na briathran ud anns a' Bhìobull, air an robh e cho eòlach, a' teagasg do dhaoine. Agus an uair a thug e fa near iad, dh' aidich e gu 'n robh reusonachadh an duine ceart agus cothromach gu leòr. Bha mo mhàthair, agus a' chuid eile dhe 'n teaghlach, ann an tomhas a' faicinn gu 'n robh na beachdan a bh' aig an duine chòir coltach ri bhith fallain gu leòr.

Air mo shon-sa dheth, bha aoibhneas nach bu bheag orm; oir thuig mi gu 'n robh an rathad réidh dhomh. Cha robh mi ach gann a' faotainn leith mo chadail leis mar a bha mi 'smaointean air na bha romham. Ged a chuala mi iomadh uair roimhe sid mu na tubaistean, agus mu na trioblaidean a bha 'tachairt ri iomadh fear a bha 'falbh as an dùthaich aig an àm ud, is gann a chreidinn gu 'n robh gnothach mi-fhortanach sam bith gu tachairt rium fhin ré mo chuairt troimh 'n t-saoghal. Agus bha sin a' cheart cho math. Nan robh fhios agam aig an àm ud air na bh' agam ri dhol troimhe mu 'n ruiginn an aois aig am bheil mi 'n diugh, cha chuireadh bata á taigh m' athar mi.

Tha iomadh amaideas a' co-fhàs ri daoine, agus is ann dhiubh a tha 'n t-iarrtus làidir a th' aig òg is sean air fios 'fhaotainn air na nithean a tha gu tachairt dhaibh a' dol troimh 'n t-saoghal. Ach am measg nam beannachdan lionmhor a tha Dia a' buileachadh air daoine anns an t-saoghal so, cha 'n 'eil a h-aon a bhuineas do

ghnothaichean na beatha so a chuirinn air thoiseach an diugh air mar a tha e 'cumail am falach oirnn nan trioblaidean, nan deuchainnean, nan cunnartan, agus nam meallaidhean lionmhor a tha gu tighinn 'n ar rathad ann an cùrsa an fhreasdail. Chuala sinn uile-agus chunnaic sinn e-mar a tha daoine dhe gach inbhe agus staid a' creidsinn gu 'n téid aig daoine' eile air am fortan innseadh dhaibh. Gu muladach, tha 'n àireamh a tha cho faoin 's gu 'm bheil iad a' toirt géill do 'n bheachd amaideach so tuilleadh is lìonmhor. Ged a tha facal Dhé agus lagh na rioghachd a' labhairt gu làidir an aghaidh luchd na fiosachd, gidheadh, tha eadhoin daoine a tha 'g aideachadh na diadhachd gu tric a' nochdadh gu 'm bheil tomhas beag no mòr fhathast dhe 'n t-saobh-chreideamh so a' riaghladh annta. Ach, buidheachas do Dhia, tha solus an t-soisgeil a' fuadachadh nam beachdan dorcha so beag air bheag air falbh. Thig an t-àm, ged nach ann ri ar latha-ne, anns am bi sluagh Dhé gu léir a' cur cùl ris na beachdan amaideach a bha na daoine' o'n d' thainig sinn ag àrach.

Ged bha mo mhàthair fhin fo ainm a bhith 'na boirionnach diadhaidh-agus cha 'n 'eil teagamh agamsa nach b' airidh i air an ainm-cha robh i falbh dhe na beachdan amaideach a bha cumanta anns an àm. Bu tric le m' athair a bhith comhairleachadh dhi cùl a chùr riutha; ach ged a bha i 'g aideachadh nach robh e ceart dhi a bhith 'g an àrach, gidheadh, cha robh e furasda dhi dealachadh riutha.

Gun dàil sam bith thòisich mo mhàthair ri deanamh clò gus deise mhath, ùr a bhith umam a' falbh. Thug mi 'n aire gu 'n robh i 'gabhail beachd gu dlùth air mar a bha cuisean a' dol leatha. An àm a bhith deanamh nan dathan, bha eagal gu leòr oirre gu 'n rachadh iad 'na h-aghaidh; oir nan rachadh, bhiodh i 'toirt oirre fhein a chreidsinn gu'n robh mi-fhortan àraidh gu tachairt dhomhsa mun caithinn an deise. Ach chaidh a h-uile car dhe 'n obair leatha cho math 's bu mhiann leatha.

Mu dheireadh, an uair a bha 'n clò air fhighheadh 's air a dheadh luadh, chuireadh fios air an tàillear. Ghrad thainig e, agus bha mo mhàthair 'g a mheas so mar chomharradh math. Ghabh an tàillear mòran a bharrachd saothreach ri deanamh na deise na ghabh e ri deise riamh roimhe. Is e sin a bha e fhein ag ràdh co dhiubh, agus cha 'n 'eil aobhar agamsa air teagamh a chur anns na thubhairt e.

Ged a chuir mi romham gu 'm falbhainn as an dùthaich, cha robh fhios agam fhin, no aig mo phàrantan cò 'n rathad a ghabhainn. Cha robh càirdean againn anns a' Ghalldachd ach bràthair mo mhàthair ann an Inbhirnis. Agus o nach d' thug e misneach dhomh gus a dhol an taobh a bha e, cha robh mi deònach a dhol 'na chòir, ged a bha mo mhàthair is m' athair a' smaointean gur ann far an robh e a b' fhearr dhomh a dhol anns a' cheud dol am mach.

Thachair gu 'n deachaidh mo bhràthair a bha 'na shaor a dh' obair do dh' Fhear Bhaile nan Slochd. Thachair dha innseadh gu 'n robh mise 'cur romham falbh gu Galldachd. Dh' fheòraich Fear a' Bhaile dheth, an robh àite cosnadh sam bith air sgeul agam, agus thuirt mo bhràthair ris, nach robh.

“Ma ta,” arsa Fear a Bhaile, “cha dean do bhràthair dad a’s fhearr na falbh comhladh riumsa an uair a théid mi leis na h-aighean gu feill na h-Eaglaise Brice. Tha caraaid còir agus deadh fhear-eòlais dhomh ’na mharsanta mòr ann an Struidhleidh, agus mur bi obair aige do d’ bhràthair, is docha gu ’n teid aige air obair fhaotainn dha ann an àite math eile. Bidh sùil agam fhin air fad an rathaid, agus mur fhaigh mi cothrom air mo charaid ’fhaicinn, bheir mi litir do d’ bhràthair g’a ionnsuidh, agus theid mi ’n urras gu ’n dean e na ’s urrainn da air a shon.”

An uair a thainig mo bhràthair dhachaidh, agus a dh’ innis e so, bha muinntir an taighe toilichte gu leòr. Bha iad a’ creidsinn gu ’n d’ fhosgail am freasdal dorus math dhomh anns a’ cheud dol am mach.

O nach robh rathad agam air imrig throm a thoirt leam a chionn gu ’n robh agam ris an rathad a choiseachd gu léir gus an ruiginn mo cheann-uidhe, thugadh dhomh barrachd airgid air na phàigheadh mo rathad, agus air na chumadh suas mi anns a’ bhaile-mhor, na ’n tachradh dhomh a bhith ann beagan ùine mu ’m faighinn obair. Ged a bha cnapach math de chistidh agam a rinn mo bhràthair dhomh gus mo chuid aodaich a chumail innte, cha robh rathad agam air a thoirt leam air an t-slighe ’bha mi gus a ghabail.

O nach robh dòigh eile ann air an tugainn leam am beagan imrig a bhiodh feumail dhomh, rinneadh màileid dhomh air canabhas math làidir a thachair a bhith ’staigh. Ghabhadh i am beagan a bha mi gus a thoirt leam, mar a bha léintean is stocainnean is beagan de rudan eile a dheanadh an gnothach dhomh gus an ruiginn. Agus bha mi gus gach ni eile ’bhiodh a dhìth orm a cheannach an uair a ruiginn am baile-mòr.

B’ e ’n t-éideadh anns an robh mi gu falbh: deise mhath de chlò trom-ghlas, boineid bhiorach, deadh bhrògan, agus breacan glas.

Mar a dh’ ainmich mi mar tha, bha daoine gu cumanta ’creidsinn ann am fiosachd agus ann an

[TD 132]

[Vol. 12. No. 17. p. 4]

gisreagan. Agus thàinig té dhe na ban-nàbuidhean do ’n taigh againn, agus chomhairlich i do m’ mhàthair “frìgh” a dheanamh dhomh; agus thuirt i gu ’m b’ i-fhein an aon té anns an àite do ’m b’ aithne “frìgh” a dheanamh. A nis, b’ e so aon dhe na dòighean leis an robh daoine aig an àm ud a’ feuchainn ri fios fhaotainn cia mar a shoirbhicheadh le ’n càirdean an uair a dh’ fhalbhadh iad as an dùthaich gu cosnadh.

Bha “frìgh” air a deanamh mor so: bha ’m boirionnach a’ dol a steach do sheòmar uaigheach, agus a deanamh ùrnuigh air a glùinean ri Dia gu ’n deònaicheadh e soirbheachadh mor a thoirt do ’n neach a bha gu falbh as an dùthaich, agus a thoirt air ais gun bheud a dh’

ionnsuidh a chàirdean ann an àm iomchuidh. Agus an sin, bha i 'dol am mach as an taigh, agus thuigeadh i air a' cheud chreutair bheò a chitheadh i, cia mar a shoirbhicheadh leis an neach air son an robh i 'deanamh na "frìgh." B' e eunlaith an adhair a b' fhearr leatha 'fhaicinn na ainmhidhean an achaidh. Nam faiceadh i uiseag, no calaman, no faoileag, no eun glan sam bith eile, bhiodh e 'na deadh chomharradh. Ach nam faiceadh i fitheach, no feannag, no seobhag, no clamhan, cha chòrdadh e idir rithe. Ach bhiodh i toilichte gu leòr nam faiceadh i caora, no uan, no creutair sam bith eile a bhiodh a chum feum do dhaoine, gu sònraichte creutair a bha air a mheas glan.

Nam biodh aghaidh a' cheud chreutair a chitheadh i rithe, bhiodh sin 'na chomharradh leatha gu 'n tilleadh an neach air son an robh i 'deanamh na "frìgh" dhachaidh beò, slàn. Ach ciod sam bith creutair a chitheadh i, cha robh i gus aon fhacal a ràdh m' a dheidhinn aig an àm nam biodh e neo-fhabharrach, air eagal gu 'n cailleadh daoine am misneach. Air a shon sin, dh' aithnich mise gu 'n robh aobhar misnich do m' thaobh an uair a thug mi 'n aire cho toilichte 's cho sunndach 's a bha muinntir an taighe gu léir an àm dhomh a bhith falbh. Ach ged a thug mi iomradh air a' bheachd so a bha aon uair cho cumanta ann am measg dhaoine, agus ged a bha mi, mar a bha gach aon dhe mo sheòrsa, 'g a chreidsinn an uair a bha mi òg, gòrach, is fhad o'n a thuig mi nach robh ann ach beachd amaideach.

Bha beachd amaideach eile ann air am faod mi iomradh a thabhairt, agus b' e sin, gu 'n robh na càirdean, an àm do dhuine 'bhith falbh o 'n taigh, a' gabhail beachd air co dhiubh 'shealladh e air ais thar a ghuaille dheis no thar a ghuaille. chli, an àm dha 'bhith 'gabhail an t-seallaidh mu dheireadh dhe 'n dachaidh anns an deachaidh a bhreith is 'àrach. Na 'n sealladh e air ais thar a ghuaille dheis, bha sin leotha 'na chomharradh gu 'n tilleadh e air ais a dh' ionnsuidh na dachaidh as an d' fhalbh e, an déigh dha 'fhortan a dheanamh. Ach na 'n sealladh e air ais thar a ghuaille chli, bha sin leotha 'na dhroch comharradh; agus bha iad a' creidsinn nach soirbhicheadh an saoghal leis, agus nach tilleadh e air ais gu bràth tuilleadh. Bha fhios agamsa gu 'n robh daoine 'toirt geill do 'n beachd so, agus gu toileachadh is misneach a thoirt do na h-uile a bha 'g am chaoidh an latha dh' fhalbh mi a taigh m' athar, sheall mi gu tric as mo dheigh thar mo ghuaille dheis. Ach cha robh mi 'creidsinn gu 'n cuireadh e soirbheachadh sam bith 'nam rathad ged a rinn mi e.

(Ri leantuinn.)

Gheibh duine bochd tri miosan prìosan air son bonnach a ghoid.
Gheibh duine saibhir a chronachadh air son tri muillion a ghoid. Is cam 's is dìreach an lagh.

AN AIMSIR.

ON thòisich an geamhradh a tha nis againn, tha 'm fuachd cruaidh, geur, deuchainneach. Cha-n 'eil cuimhne aig duine air bith 's an tìr

air fuachd eagalach a lean co fada 's a tha fuachd nimheil a gheamhraidh so 'leantuinn. Is éiginn gu robh agus gu bheil fulangas goirt am measg daoine bochd ann am bailtean mora na dùthcha 's ann an ionadan iomallach na tìre. Tha dòchas làidir againn uile gu bheil crìoch an fhuachd oillteil so am fagus agus gu bheil aimsir cniùin, bhlàth a' tighinn oirnn ann an ùine ghearr. Tha na sreathan de 'm bheil an talamh air a deanamh suas, a' nochdadh gu soilleir gu robh anns na linntean a tha ann an sàmhchair na dichuimhne teas anabarrach far am bheil fuachd geur a nis, agus fuachd cruaidh far am bheil a' ghrian an diugh a' frasadh a nuas a gathan bòidheach, blàth. Ach tha e air innsidh dhuinn gur e Dia 'rinn an geamhradh agus an samhradh: "an Dia bith-bhuan, an Tighearn, Cruithfhear chrìocha na talmhainn. Cha-n fhannaich agus cha sgìthich e. Cha-n fheudar a thuigse 'rannsachadh." On thòisich an cinne-daoine air sealbh a ghabhail air an t-saoghal, bha ceann mu thuath agus ceann mu dheas na talmhainn làn sneachd 'us fuachd 'us reothaidh, agus dorchadais ré cuibhrionn mor de 'n bhliadhna. Tha gaisgich churanta, chruadalach a' dol bho àm gu àm gus na h-ionadan uaigneach, dorcha, fuar, a tha aig da cheann an t-saoghail. Tha moran gliocais ann am beachd nan daoine 'tha 'creidsinn agus a cumail a mach nach 'eil ach amaideachd bhochd ann a bhi 'dol gus na h-àitean duaichni ud, far nach 'eil lus no feur no fochann a' togail a chinn, agus far nach faighear gu bràth ni air bith a bhitheas feumail no maith do 'n chinne-daoine. Tha curaidhean treubhach a' tionndadh an aire 'nis gu ceann mu dheas an t-saoghail. Thainig fios bho cheann ghoirid bho Lochlannach aghartach, agus, tha e 'g ràdh ged tha moran fearainn ma dh'fhaoidte anns na h-ionadan iomallach ud, nach 'eil ni r'a fhaicinn anns am bheil tairbhe no buannachd. Tha e fìor gu leoir gu bheil air an dòigh so eòlas beag no mor air fhaotuinn air crìochan iomallach na talmhainn; oir gun teagamh tha na h-àitean fuara, dorcha ud a' comhlionadh crìch àraidh ann am freasdail an Tighearna. On tha e daonnan fìor gur Esan a rinn an geamhradh, agus air an aobhar so gu bheil maith 'us tàbhachd air choireiginn air am buileachadh air an t-saoghal leis gach fuachd 'us sneachd a bhuineas do na h-ionadan ud far nach 'eil mart no fiadh.

Is ann bho ghnòthuichein féineil tha glé thrìc anns gach tìr daoine deonach agus iarrtuis each air sonas sòghmhor a' shireadh agus fhaotuinn. Tha iomadh dearbhadh muldach agus cianail againn nach 'eil ach faoineas agus amaideachd uamhasach a bhi 'g iarruidh sonais ann an gnàthachadh no ann an gnìomh air bith a tha 'deanamh dimeas air reachdan naomha 'n Tighearna. Is e so aideachadh muldach Sholaimh, an deigh dha imeachd 'na ruith 'us 'na dheann-ruith anns gach ruidhtearachd 'us mi-bheus 'us ana-measarrachd nach robh ach diomhanas 's an iomlan agus buaireadh spioraid, agus nach robh tairbhe ann fo 'n ghréin. Saoilidh daoine gu minic gu bheil àgh is sonas fìor 'us cinnteach aca, an uair a tha iad air an cuartachadh le saoibhreas, le urram 'us le onoir. Ach ciamar a's urrainn do 'n spiorad neo-bhàsmhor a bhuineas duinn a bhi air a riarachadh no air a shàsachadh gu buileach leis gach ni ris an canar aighear saoghalta. Is ann bho Dhia a mhàin a tha gach sonas glan 'us maith 'us ceart a' tighinn. Is e féin an tobar sìorruidh, bho 'm bheil gach slàinte 's sonas 'us seasgaireachd a' sruthadh le fonn milis, ceòlmhor, diadhuidh. Ni esan da rìreadh samhradh grianach doibhsan a

choimhideas a reachdan gu dichìollach agus gu faicilleach.

Rinn Thu an samhradh. Is e Dia mar an ceudna ùghdair gach soirbheachaidh. Ged dheasaicheas an tuathanach am fearann agus a chuireas e an sil ann, cha tig fochunn no toradh trom, liontach, tiugh as eugmhais nam frasan blàtha, ciùine. Ni dichìoll 'us dealas 'us dùrachd moran gun teagamh ann an gnothuichean saoghalta, agus is tric a tha daoine làmhach, easguidh, aghartach, a ruigheachd air inbhe uasal 's air soirbheachadh pailt, gidheadh cha-n 'eil ach sonas mealltach a' tighinn bho aimhnichean truailidh an t-saoghail so. Thugamaid fainear a' chrìoch thruagh, nàrach gus an d' thàinig rìghrean amaideach nan Eabhruidheach, a shaoil ann an àrda an spioraid, agus ann am mòrachd an neirt féin, gu robh gach eòlas 'us tuigse aca féin as eugmhais stiùraidh an Tighearna Dia. Nach minic a dh' eirich gu h-òlc doibh an uair a dh'inntrig iad truscan ciar a' chòmhraig an aghaidh feachdan meamnach an naimhdean? Nach iomadh bròn 'us tuireadh 'us iarguin chràiteach a thug baoghaltachd nan uachdaran air na h-Eabhruidheach bhochda? An uair a rinn iad dearmad air stiùradh an Tighearna iarraidh 's a leantuinn, cha do bhuaidhich iad thairis air an naimhdean, ni mò a phill iad gu'n ionadan còmhnuidh féin le caithream 'us iolach àrd nan laoch. Le comhludair mi-naomha, mi-bheusach 'us àrdanach, cha soirbhich Dia am feasda. An dream a ghluaiseas gu geamnuidh, dìreach, còir, meallaidh esan soirbheachadh bunaiteach, tlachdmhor, oir rinn Dia samhradh do 'n duine ionraic, umhail, stuama.

Tha na deuchainnean leis am bheil sluagh an Tighearna gu minic air am fiosrachadh, a coimhlionadh crìch àraidh ann an rùn diomhair an Tighearna; oir is e Dia a rinn an geamhradh. Is i so an raidhe de 'n bhliadhna anns am bheil dorchadas 'us dubhachas duaichni air sliabh àrd 's air ailean iosal, air sgairneach nan clach 's air traigh nan tonn. Tha caochladh tiamhaidh a' tighinn anns a' gheamhradh air gach aighear 'us gean 'us toileachas a bhuineas do blàthas mìn 'us malda 'n t-samhraidh. Tha gach lus a' seargadh agus a' crìonadh. Tha na craobhan a bha còmhdach le deise co lurach ré ùine co fada 'crathadh an duilleach diubh, 'us a' còmhdachadh an làir leis na nithean ùrail, grinn a thug doibh bòidhchead roimhe. Na sruthan a bha le torman ceòlmhor a' ruith bho na h-aonaichean agus ann an slighean camlubach ag imeachd air feadh nam fonn 's nan achaidhean, tha iad anns a' gheamhradh a' fàs mall 'nan gluasad, agus gu minic tha 'n réis air a stad gu buileach. Air magh, air cluain 's air achadh cha 'n 'eil feur no arbhar, cha 'n 'eil asbhuan no pailteas r'am faicinn. Tha nàdur féin sprochdach, smalanach, an deigh pailteas mor an fhogharaidh agus gnùis thaitnich an t-samhraidh. Anns an t-sealladh so féin, anns an atharrachadh mhor a tha teachd a' gheamhraidh fhuair ag oibreachadh air feadh an t-saoghail gu léir, tha samhladh làidir againn aia sean aois maille ri trioblaid agus deuchainn. Ged tha 'm bàs, an teachdaire cruaidh-chridheach, neo-bhàigheil, nach gabh lethsgheul no diùltadh, a' gearradh sios gun truas, gun acarachd àireamh mhor de 'n t-sluagh anns gach mìos; gidheadh is ann an uair a tha 'n geamhradh am fagus 's a tha 'm bòidhchead a' tréigsinn nam beann 's nan achaidhean, 's a tha guirmead grinn nam blàr 's nan raon a' gabhail seachad, agus duilleagan nan craobh 's nan doire 'tuiteam thun an làir, a's

lionmhoire 'tha na braighdean a tha air an tasgadh ann an cuibhrichean an-ìochdmhor a' bhàis.

[TD 133]

[Vol. 12. No. 17. p. 5]

Tha anns a' gheamhradh cumhachd làidir, dubhach, mar gum b'ann, a'foluch nan speuran gorma, 'deanamh a' chuain luasganach, a' glaodhaich a mach ann an gaoth stoirmeil na h-oidhche, a' goid 's a' spionadh air falbh gu h-obann blàth an t-samhraidh bho ghruaidhean an leanaibh, agus a' toirt air sean aois féin criothnachadh; oir tha corran geur a' bhàis siubhlach agus guineach aig an àm so. Tha comh-chòrdadh eadar an geamhradh, a tha 'giùlan dreach 'us aogais, mar gu bitheadh nàdur féin air call a threòir 's a shuaicheantais, agus eadar an duine aosmhor, liath a tha aig ceann a thurus talmhaidh, a chiabhan geal le sneachd nam bliadhnachan, oir chunnaic e cheana trì fichead bliadhna 's a deich. Teagaisgidh solus ar n-inntinn agus ar coguis féin duinn, co fada 's urrainn da imeachd, na nithean ceudna 'tha solus dealrach a' Bhiobuill a buileachadh oirnn. Am bheil Dia 'na fhocail ag iarraidh oirnn maith a dheanamh agus cùl a chur ri aingidheachd 'us ri anameasarrachd; am bheil e 'g innse dhuinn gur ann a dh' ionnsuidh bochdainn agus truaighe 'tha ruidhtearachd 'us peacadh a' treòrachadh—tha na firinnean ceudna air an teagasg dhuinn le solus Naduir féin. Tha dearbhadh dìongmhalta againn mar so gur e 'n aona ghliocas a dhealbh maise 's riaghailtean iomadach na talmhainn agus a thug seachad le fàidhean 'us filidhean, a fhuair còmhnadh on Spiorad Naomh, foillseachadh air a chaithe-beatha a tha taitneach ann an sùilean an Tighearna. Co fada 's is urrainn do sholus nàdur cuideachd a ghleidheadh ri solus maiseach a' Bhiobuill, cha-n 'eil dealachadh eadar iad. Mar so chi sinn gu bheil an geamhradh a tha 'g éideadh na talmhainn le trusgan sneachdach, reothach, a' giùlan samhraidh làidir air làithean liatha a tha 'g innse gu bheil an duine deas airson na h-uaigne, amhuil mar tha 'n t-àrbhar craobhach a' fàs deas airson corrain a' bhuaiche. Ach ged is e dubhachas an sgàile a chithear air tùs anns a' gheamhradh, ged a shaoileas sinn nach 'eil brìgh no sunnd no comhfhurtachd idir ann an luib a' gheamhraidh, is éiginn gu bheil an raidhe so 'coimhlionadh aobhair sònruichte; oir nach 'eil fios againne gur e Dia 'rinn an geamhradh.

CONA.

Robinson Crusoe.

CAIBIDEAL XI.

FEUMAR aideachadh gu 'n robh an tairgse so math nan robh i air a cur fa chomhair fir aig nach robh fearann agus planndachadh dha 'm feumadh e curam a ghabhail. Bha mo chuid fearainn-sa air thuar toradh math a thoirt seachad, agus bha moran barra agam air a' bhliadhn' ud. Ach air mo shon-sa dheth, a bha anns an t-suidheachadh

mhath a dh' ainmich mi, agus nach ruigeadh a leas dad a dheanamh ach leantail romham mar a bha mi deanamh fad tri no ceithir de bhliadhnachan eile, agus an ceud punnd Sasunnach a bh' agam ann an Lunnainn a chur gu feum, cha robh ann ach gnothach cho beag tuir 's a rinn duine riamh smaointean air falbh air a leithid de thurus. Nan robh mi air leantail romham mar a bha mi 'deanamh, agus an aire mhath a thoirt air mo gnothach, bhiodh mo storas ann an uine ghoirid cho math ri tri no ceithir de mhiltean punnd Sasunnach.

Ach bha mi air mo bhreith gu bhith 'g am sgrios fhin, agus cha b' urrainn domh an tairgse a dhiultadh na 's mo na b' urrainn domh stamhnadh a chur orm fhin o fhalbh a taigh m' athar a dh' aindeoin a h-uile comhairle mhath a thugadh orm. A dh' aon fhacal, thuirt mi riutha gu 'm falbhainn le m' uile chridhe, nan gabhadh iad os laimh sealltainn as deigh mo ghnathaichean fhad 's a bhithinn air falbh, agus a h-uile rud a bhuineadh dhomh a thoirt seachad a reir mar a dh' ordaichinn dhaibh, nan tachradh nach tillinn air ais gu brath.

Gheall iad uile so a dheanamh, agus gus an gnothach a dheanamh cinnteach chuireadh na cumhnantan a bha eadrainn sios ann an sgriobhadh. A bharrachd air a so, rinn mi mo thiomnadh, agus rinn mi m' oighre dhe 'n sgiobair a shabhail mo bheatha dhomh, nam b' e 's nach tillinn air ais gu brath. Bha aige ris a h-uile rud a bhuineadh dhomh a reic. Dh' ordaich mi dha an darna leith dhe 'n airgiod a chumail aige fhein, agus an leith eile dhcth a chur gu ruige Sasunn. A dh' aon fhacal, rinn mi gach ni a bha comasach a chum an aire mhath a thoirt do gach ni a bhuineadh dhomh, agus a chum gu 'm biodh am fearann a bh' agam fo phlanndachan air a chumail ann an deadh ordugh. Na 'n do ghnathaich mi a leith uired de ghliocas ann a bhith 'g amharc as deigh nan nithean a thigeadh a chum mo bhuannachd, agus na 'n do smaoinich mi le curam air ciod bu choir dhomh a dheanamh, agus ciod nach bu coir domh a dheanamh, cha robh mi air falbh air an turus mhi-fhortanach ud gu muir, agus an obair a bha 'dol leam cho math, agus a bha air thuar a dhol leam na b' fhearr, fhagail uam; gun ghuth a thoirt air na h-aobhair a bh' agam a chreidsinn gu 'm faodadh iomadh mi-fhortan tighinn 'nam rathad.

Ach bha mi air mo ghreased air aghart, agus bu mho a thug mi geill do mhiannan m' inntinn na do mo reusan. Agus, uime sin, air do 'n luing a bhith deiseil, agus an luchd air bord innte, agus cordadh air a dheanamh eadar mi-fhin 's mo chompanaich a thaobh gach gnothaich a bha mise 'g earbsadh riuthasan, agus a bha iadsan ag earbsadh riumsa, chaidh mi air bord 's an droch uair air a' cheud latha de Sheptember, 's a' bhliadhna 1659, co-ainm an latha air an d' fhalbh mi a taigh m' athar 's mo mhathair ann a' Hull ochd bliadhna roimhe sid, gus eas-umhlachd a thaisbeanadh do 'n deagh chomhairlean, agus gus cul a chur gu h-amaideach ris gach ni a thigeadh a chum mo bhuannachd.

Bheireadh an long a bh' againn leatha mu shia fichead tunna. Bha sia gunnachan mora air bord againn, agus ceithir duine deug a bharrachd air an sgiobair, air a' ghille a bha 'frithealadh dha, agus orm fhin.

Cha robh an luchd a bh' againn air bord ach aotrom; oir cha robh ann ach rudan a shaoileamaid a bhiodh freagarrach air son malairt a dheanamh ris na daoine-dubha, mar a bha deideagan is griogagan is bideagan glaine, agus rudan beag 'eile mar a bha sgathain bheaga, sgionan, siosair, tuadhannan, agus rudan beaga suarach eile dhe 'n t-seorsa.

Sheol sinn air a cheart latha air an deachaidh sinn air bord. Leag sinn ar cursa ris an aird a' tuath, agus bha sinn gus an cursa so a leantuinn gus an ruigeamaid aite araidh a bha dìreach mu choinneamh an aite sin de dh' Africa anns an robh 'n ar miann a dhol gu tìr; oir tha e coltach gu'm b'e so an doigh a bha maraichean a' cleachdadh anns an am ud. Bha sinn a' cumail gu math dluth ri fearann Bhrasil.

Bha side mhath againn, ach gu 'n robh e gle theith fhad 's a bha sinn faisge air an fhearann againn fhin gus an d' rainig sinn rudha St Agostino. An sin chum sinn am mach cho fad o 'n fhearann 's gu 'n do chaill sinn sealladh air. Shuidhich sinn an sin ris an tuath 's an ear-thuath mar gu 'm biomaid a' dol gu ruige eileanan Fernando de Noronha, agus bha eileanan eile air an taobh an ear dhinn. Lean sinn romhainn mar so fad dusan latha, agus bha sinn air a dhol astar math seachad air meadhainn an t-saoghail. Anns an am sheid stoirm a bha uamhasach laidir, agus thainig i oirnn le leithid de chabhaig 's nach d' fhuair sinn ach gann a dhol 'nar faireachadh. Sheid i an toiseach o 'n earra-dheas, agus thainig i mu 'n cuairt thun an iar-thuath, agus mu dheireadh stad i aig an ear-thuath. Lean i air seideadh o 'n aird so fad dusan latha. Cha robh againn ach leigeadh leis an luing a bhith ruith roimh 'n ghaoith fad na h-uine. Agus fad an dusan latha so, bha sinn uile, faodaidh mi radh, ann an duil a h-uile mionaid gu 'm biomaid air ar slugadh suas leis an fhairge.

Anns an eiginn chruaidh so, thainig rudan 'nar rathad a chuir dragh mor oirnn a bharrachd air uamhas na stoirme. Dh' eug fear dhe na seoladairean ann am fiabhrus, agus thug an fhairge bhar buird fear eile dhiubh agus am balach a bhiodh a' frithealadh do 'n sgiobair.

An ceann an dusan latha thoisich an stoirm air a dhol beagan an laigead. Dh' fheuch an sgiobair cho math 's a b' urrainn da ri dheanamh am mach c'aite an robh sinn, agus a reir a bharrail bha sinn air ar fuadach cho fada thun na h-aird an iar-dheas 's gu 'n robh sinn dluth air corsa Ghuiana, faisge air ceann a' tuath Bhrasil. Bha sinn air a dhol seachad air amhainn Amason, agus a' tarruinn faisge air amhainn Orinoco, ris an cainte gu cumanta, an Amhainn Mhor. Chuir e a chomhairle riumsa feuch ciod a b' fhearr dhuinn a dheanamh. Bha 'n long air fas ao-dionach, agus bha iomadh rud air bristeadh le neart na gaoithe agus le ainneart nan tonn, agus bha toil aige tilleadh air ais gu corsa Bhrasil.

Bha mise tur an aghaidh dha so a dheanamh; agus an uair a bha sinn le cheile ag amharc air a' chairt-iuil anns an robh cladaichean America air an comharrachadh, thuig sinn nach robh aite san bith romhainn anns an robh daoine 'fuireach gus an ruigeamaid Eileanan Charrabee, agus air an aobhar sin chuir sinn romhainn gabhail

direach gu ruige Barbados. O 'n a dh' fheumamaid cumail am mach ris a' chuan air eagal gu 'n deoghladh neart an t-sruth a steach sinn do Bhagh Mhexico, bha sinn a' deanamh dheth gu 'n ruigeamaid Barbados ann an coig latha deug seolaidh. Agus bha fhios againn nach robh e comasach dhuinn a dhol gu ruig' Africa na 's lugha na gheibheamaid cuideachadh do 'n luing agus dhuinn fhin.

A chum so a dheanamh dh' atharraich sinn ar cursa, agus stiuir sinn an iar 's an iar-thuath, an dochas gu 'n ruigeamaid cuid dhe na h-Eileanan a bhuineadh do Shasunn, far an robh sinn an duil gu 'm faigheamaid cuideachadh.

Ach bha e air ordachadh gu 'n tachradh cuisean air dhoigh eile; oir ann an ceann beagan laithean thainig an dara stoirm oirnn. Bha i 'cheart cho laidir ris a' cheud stoirm, agus thug i le luaths ro mhor air falbh bhar ar cursa sinn cho fada do 'n aird an iar 's nach robh sinn faisge air aite sam bith anns am bu ghnath le daoine bhith ri seoladh anns an am ud. Ged a bhiomaid air ar beatha a shabhaladh o 'n fhairge, agus a bhith air a dhol gu tir, bhiodh e na bu docha gu 'm biomaid air ar n itheadh leis na daoine-fiadhaich na gu 'm faigheamaid gu brath air ais do ar duthaich fhin.

An uair a bha sinn anns an eiginn so, agus an

[TD 134]

[Vol. 12. No. 17. p. 6]

stoirm dhearg ann, ghlaodh fear dhe na seoladairean moch 's a' mhadainn gu'n robh fearann air tighinn 'na shealladh. Agus mu 'n gann a chaidh sinn am mach as a' chabin gus sealladh a ghabhail dhe 'n fhearann, bhuaill an long air banca gainmhich. Anns a' mhionaid stad i. Bha 'n fhairge 'bristeadh thairis oirre air a leithid de dhoigh 's gu 'm b' eiginn duinn fasnadh a ghabhail mar a b' fherr a b' urrainn duinn, agus bha sinn an duil a h-uile mionaid gu 'n robh sinn gu bhith air ar grad bhathadh.

Cha 'n 'eil e furasda do neach sam bith nach robh 'na leithid sid de shuidheachadh, an staid mhuladach agus an t-uamhann anns an robh na daoine a ghabhail a steach, no eadhoin cunntas a thoirt seachad m' a dheidhinn. Cha robh fhios againn c'aite an robh sinn air ar fuadach, co dhiubh a b' e eilean a bh' ann, no tir-mor, co dhiubh a bha daoine 'fuireach ann, no nach robh. Agus o 'n a bha 'n stoirm gle mhor, ged nach robh i cho mor 's a bha i, bha sinn a' smaointean gu 'n rachadh an long as a cheile ann am beagan mhionaidean, na 's lugha na thionndadh a' ghaoth anns a' mhionaid mu 'n cuairt ann an doigh mhiorbhuillich. A dh' aon fhacal, shuidh sinn ag amharc air a cheile, agus sinn an duil a h-uile mionaid gu 'n tigeadh am bas oirnn. Uime sinn bha h-uile duine ag ullachadh air son an ath shaoghail; oir cha robh dad tuilleadh ann a b' urrainn duinn a dheanamh anns an t-saoghal so. B' e an aon rud a bha 'toirt beagan comhfhurtachd dhuinn, gu 'n robh an long fhathast a' fuireach slan-rud nach robh duil againn ris-agus gu 'n robh an sgiobair ag radh,

gu 'n robh a' ghaoth a' dol na bu lugha.

A nis, ged a bha sinn a' smaointean gu 'n robh a' ghaoth a' dol beagan na bu lugha, gidheadh bha 'n long air stad cho teann anns a' ghainmhich 's nach robh duil sam bith againn gu 'm faigheamaid as i. Bha sinn ann an suidheachadh eagallach da rìreadh, agus cha robh e 'n comas dhuinn dad a dheanamh ach a bhith 'smaointean cho math 's a b' urrainn duinn air cìod an doigh a b' fhearr dhuinn a ghabhail gus ar beatha shabhaladh.

Mu 'n d' thainig an stoirm bha bata againn an crochadh ri deireadh na luinge, ach chaidh a bristeadh, agus thug am muir air falbh i. Bha bat' eile againn air bord, ach cha robh fhios againn cia mar a rachadh againn air a cur am mach; ach dh' fheumamaid rudeigin a dheanamh o 'n a bha sinn a' smaointean a h-uile mionaid gu 'n robh an long a' dol 'na pìosan, agus bha cuid dhe 'n sgiobadh ag radh gu 'n robh i air toiseachadh ri dhol as a cheile.

An uair a bha sinn anns an eiginn so chuir am met agus feadhainn dhe na seoladairean am mach am bata thar na cliathaich. Fhuair sinn uile a dhol mte. Bha sinn ann aon-duine-deug. Chuir sinn sinn-fhin air curam Dhe agus garbh thonnann na fairge. Ged a bha 'n stoirm air a dhol gu math na bu lugha, gidheadh bha 'n fhairge 'na culaidh-uamhais a' bristeadh air a' chladach mu 'r coinneamh.

(Ri leantuinn.)

BARDACHD NA FEINNE.

DAN A' CHONLAOICH.

ROIMH-RADH.

THA eachdraidh Chuchullainn 'na charbad a' toirt dearbhaidh dhuinn gu 'n robh e 'na fhear-cogaidh curanta, crodha, calma, treun. Bha mac aige ri leannan a bh' aige ann an Alba do 'm b' ainm Aoife. Thug a mhàthair Conlaoch mar ainm air. Gheall Cuchullainn do Aoife, air dha bhith 'na Ard-cheann-feadhna air armailt na h-Eirionn, gu'n tilleadh e do Alba aig àm araidh, agus gu 'm biodh Aoife mar mhnaoi aige. Ach cha do thill e. An uair a thainig Conlaoch gu aois, chaidh fearas-ghaisge fhoghlum dha ann an Dun-Sgathaich 's an Eilean Sgitheanach, an t-aite a b' ainmeile 's an àm air son foghlum a thoirt seachad do threun-laoich anns gach cluich rioghail a dheanadh feumail iad ann an latha 'bhlàir. Fhuair Aoife air 'fhoghlum d'a mac gach luth-chleas a b' fhiosrach i a bh' aig Cuchullainn 'athair, ach aon chleas do 'm b' ainm an gath-bolg. Bu tric le gaisgich 's an àm sin an gath-bolg a chleachdadh an uair a bhiodh iad a' gleachd le saighdibh ann an uisge. An uair a bha Conlaoch air tighinn gu lan spionnadh, chuir a mhàthair fo bhòidean e, gu 'n rachadh e do Eirinn, nach innseadh e co e-fhein, agus gu 'n tugadh e 'athair ceangailte leis do dh'Alba. Bha fios aig Aoife gu'm marbhadh Cuchullainn a mhac leis a' ghat-bholg, agus rinn i so mar dhioghaltas air son a' mheallaidh-dochais a rinn e oirre.

Dh' fhalbh Conlaoch do Eirinn. Chaidh e 'n toiseach far an robh Conull, agus cheangail e Conull, oide Chuchullainn. Chuir Conull fios gu Cuchullainn gu 'n robh e ceangailte. Thainig esan a sgaoileadh chuibhrichean 'oide; agus an uair a dhiùlt Conlaoch innseadh co e, ghleachd 'athair ris, agus mharbh e a mhac féin.

Chualas, is cha 'n fhad' o sin,
Sgeul a bhuineas d'ar cumha:
Nior aithrisear leinn ach gu trom,
Am fear sin o Innis-Phail.
Clanna righrean nam breth mall,
O Dhun-sgathaich gu tir Chonuill,
Le 'n ùr-chlannaibh òg' 's a' mhagh,
'S iad a staigh air urlar Chuig-ulla;
Gu 'n d' thainig oirne borb-laoch,
An curaidh calma Conlaoch.
Bearta treuna ghnàthaicheadh leis,
O Dhun-Sgathaich gu h-Eirinn.
Bhuail e beum sgéith' air an fhaiche,
Agus ghearr e fòid còmhraig;
'S cha'n fhac' an righ no 'chuid gaisgeach,
A leithid an còig-chòigeamh na h-Eirionn.
Labhair Conachar ri càch,
Co rachas an dàil an òig-fhir,
A ghabhail sgéil a mhuinntir dheth,
'S gun eura a ghabhail uaithe.
Dh' imich Conull le 'threun laimh,
A ghabhail sgeula de 'n ghaisgeach;
'S gu'm b'ann de thoradh nan laoch
Gu'n cheangladh Conull le Conlaoch,
Is ceud fear treun os barr air.
B' ioghnadh sud 's bu mhor ri aithris;
Thuirt bean Chonuill 's i an làthair:
" 'S tu chaith an tàir air mo ghaisgeach:
Gu 'm faigh mise dhut Cuchullainn,
'S gu 'n toir e dioladh am mach dhiot."
"Thoir fios uamsa gu Cuchullainn
Gus an Dun ud, Aoibhinn àluinn,
Gur iomadh mac a th' anns a' mhagh,
Ceangailt' air urlar Choig-Ulla."
Chaidh teachdaire gu Cu nan con,
Gu àrd-righ Alloil Ulla,
Gu Dun-dealain, dealbhach, grianach,
Gu seann tùr ciallach nan Gaidheal.
Labhair Conachair ri Cuchullainn:
" 'S fhad tha thu gun teachd 'chum cobhair,
Is Conull sùireach nan steud seanga
An laimh agus ceud de 'mhuinntir."
"Gur olc leams' e bhith fo bhraighde,
An ti a dh' fhuasgladh air mo mhuinntir;
'S ni 'n soirbh dol a dh' iomairt nan lann,
Ri gaisgeach a cheangail Conull."
Bean Chuchullainn:—"Na smaoinich gun dol 'na dhàil,

A laoich nan gorm shùile glana,
A lamh threun gun eagal roimh neach,
Cuimhnich air d' oide 's e 'n cuibhreach."
Cuchullainn nan glas lann nach sliom,
'Nuair chuimhnich e air cuibhreach Chonuill,
Ghluais e, 's bu dàna 'dhol ann,
A dh' fhaotainn sgeoil o'n treun laoch.
Cuchullainn:—"Nis o 'n thàrladh dhomh teachd 'nad dhàil,
'S mi mar chù nach ob an t-eugbhoil,
A mhacain réidh an òrain ghlain,
Co thu fhéin, no co do dhùthaich?"
"Tha geasan ormsa o mo theach,
Gun mo sgeul a thoirt do neach;
'S nan tugainn e do neach fo 'n ghréin,
Gu 'm b' ann do fhear d' aogaisg àraidh."
"Comhrag 's fheudar dhut thoirt uat,
No sgeul innseadh mar charaid:
Gabh do roghainn, a laoich òig;
Cha chiall dut togradh do m' chòmhrag."
"Do chluich nan lann theid mi leat,
Chuchullainn o Dhun nan Gaidheal;
Ach 's deurach 'bhios tusa là eile,
Ma lotar leat mac an treun-laoich."
Chaidh na laoich an dàil a chéile,
'S bu gharbh samhal an ana-méine;
'S gu'n d'fhuair am macan a lot,
Leis a' gath-bholg a bhith dhìth air.
"A mhacain, innis dhuinn do sgeula,
O tharladh dhomh fein do dhiobhail,
'S gearr gus an togar do leac:
Na ceil a nise do dhùthaich."
"Tog thusa leat mo shleagh,
O'n a bhui thu 'n sgeul-sa dhiomsa;
Mar sin 's mo chladheamh cruadhach,
Lann a fhuair mi air a liomhadh.
"'S mise Conlaoch mac a' Choin,
Oighre dligheach air Dun-dealgain,
An rùn a dh'fhàg thus' am bruid,
Ann an Dun-Sgathaich g'am fhoghlum.
"Seachd bliadhna bha mi 'n Dun-tairbhe,
A' foghlum chleas agus ghaisge:
An cleas le 'n do thoirchear mi leatsa,
Cha robh ach e dh'easbhuidh air m'fhoghlum.
"Ach c'uim' nach tuigeadh tu uamsa,
Athair uasail ana-meinnich,
'N uair thilginn ort gu fanna fiar
An t-sleagh an coinneamh a h-earra?
"Chuchullainn a's caomh-gheal cneas,
Leis am bristeadh gach bearn gàbhaidh,
Nach amhairc thu 's mi gun aithne,
Is feuch co 'm meur a lion am fàinne.
"Ach thoir mo mhollachd do m' mhàthair,
O 's i chàirich mi fo gheasaibh,
Air chor gu 'n deachaidh mi gu 'm fhulang,

A Chuchullainn fo do chleasaibh."
 "Bheir mis' do mhollachd chum do mhàthar,
 Gu Dun-Sgathaich làn de cheilge:
 'S e mheud 's a bh' innte de gheasaibh,
 A dh' fhàg d' fhuil 'na sruthaibh dearga."
 Thuit Cuchullainn air a' bhlàr
 Gun lùth an cois no an laimh,
 'S bha iad thall air a' mhagh:
 Gu 'm b' e sgiath is claidheamh Chonlaoich.
 "'S mis' am fear a mharbh a mhac,
 'S nior chath mi sleagh no lùireach:
 An lamh so fein gu'm faigheadh cràdh,
 O 's i an lamh a rinn do lotadh.
 "Gur math do Laoire buadhach,
 'S cha mheasa dh'uaislibh na Fainge;
 'S gur math do'n liath mhac Daoire,
 Nach e bu bharanta do mharbhadh.
 "Gur math do Chormac nan long
 Nach e rinn do thaobh a leòn;
 Ar neo thuiteadh leams' a'd' eiric,
 Ceud d'a chuideachd 's mi a'm' aonar.
 "Och-oin! Conlaoch treun mo mhac-sa,
 Is mairg mise ghiorraich do shaoghal!
 Nam biodh tus' is mise maireann,
 Cha bhithinn-sa nochd a'm' aonar?
 "Nam bithinn-sa 's Conlaoch slàn
 A dh' iomairt nan cleas lamh air laimh,
 Bheireamaid geill o thuinn gu tuinn
 Do fhearaibh Alb' agus Eirinn.
 "Och! is mise th' air mo ruigheachd,
 'S an t-sleagh nimh air dol troimh m'chridhe!
 Cladhaich thusa leac m' uaighe
 Air an tulaich fheur-ghlais uaine.
 "Thog mise leam sleagh mo mhic
 Sgiath agus claidheamh Chonlaoich,
 Is thug mi greis air caoidh mar sin,
 Mar mhnaoi gun mhac gun bhràthair.
 "Och nan och! is och eile!
 'S mi 'dreadh ri mullach beinne,
 Airm mo mhic 's an dara laimh
 Agus fhaoibh 's an laimh eile."

[TD 135]

[Vol. 12. No. 17. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic
 AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR
 Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.
Tha ar prisean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.
Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>
FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA.<gai>
CORPAICHTE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE \$2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air
adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3½% 'sa
bhliadhna.

Mo Chuilean Aosda.

A DHEAGH CHARAID,—Tha mo chù laghach, bòidheach air fàs cho sean 's
nach 'eil dad a dh' fheum ann gu tathunnaich, agus air dhomh a bhi
ga 'choimhead an là roimhe, rinn mi na rannan a leanas. Ma 's fhiach
iad an cur an clò bu ghlé thoil leam am faicinn 'sa phaipeir.

Is mi 'ur caraid,
COINNEACH A. MAC FHEARGHAIS.
L'Ardoise, Feb. 10, 1904.

Tha mi aig an àm neo-shunndach,
'S cha tog guth mo chuilein m' inntinn;
Ged bha uair 's ann bhithinn diombach
De cho tric 'sa bhiodht' a cluinntinn
Tathunn ealamh, fonnmhor, gleusda
'Tighinn o d' bheul, 's tu furachair, seòlta,
'S nuair a rachainn fhéin a dh' amharc
Bhiodh tu stigh na d' dheann troimh 'n chòmhlà,
Mo chuilean bochd.

Ach 's fhad is cian o'n dh' fhalbh an là sin,
'S tha thu 'n dràsd air caochladh coltais,
Tha d' earball sios ris an làr,
'S tha do spuir cho maol ri coltair,
Tha do bhian, bha bòidheach donn,
Air fàs ciar bho d' bhonn gu d' mhullach,
'S mur biodh fios a'm gur tu th' ann
Cha 'n aithnichinn do chom air tullach,

Mo chuilean bochd.

'S math mo chuimhne air an là sin
Bha mi ga do ghiùlan dhachaidh,
'S mi cho pròiseil gu 'm bu leam thu
'S ged a b' oighre mi air faiche;
Fhuair thu do thogail gu dòigheil,
'S bha thu seòlta mar an sionnach,
'S thug sin cothrom dhut bho d' òige
Gu bhi 'n còmhnuidh 'tòir air bonnach.
Mo chuilean bochd.

Bha sinn greiseag ann an imcheist
Ciod an t-ainm a bhiodht' ag éigheach
Air a chuilean bhòidheach, ghrinn ud,
A bhiodh binn, le 'chluasan geura;
'S air do chaileag laghach, mhalda
A bhi teagasg anns an sgireachd,
Thug sinn cuireadh dhi gu 'bhaisteadh,
'S fhuair thu Frisk mar ainm o'n ribhinn,
Mo chuilean bochd.

Ged 's e 'n cuilean fhéin a bh' annad,
Bha thu 'd eisimpleir do 'n òigrìdh,
Cha do ghluais thu riamh o'n dorus
Gu bhi falbh ri obair ghòrach;
'S ged bhiodh coin eile na tire
Sios is suas air feadh an àite,
Bhiodh tusa cuir seachad d' ùine
'S tu gu sunnach far an d' fhàs thu,
Mo chuilean bochd.

Ach na 'n tigeadh cù an rathad,
Bha thu dàna mar bu chòir dhut:
Sud an t-sitig a bhiodh foirmeil
'Nuair a leigeadh tu do spòg air;
Ged nach d' rinn thu bòsd a d' thapachd,
Cha robh gealtachd na do phòraibh,
'S chuireadh tu gach cù 'san àite
'Mach a d' fhàrdaich is iad leònta,
Mo chuilean bochd.

Ach tha thu nise air fàs aosda—
Tha thu dlùthachadh ri fichead—
'S cinnteach mi nach fhada beò thu,
Ged nach deònaich mi do ghreasad;
Ged nach 'eil annad ach costais,
Tha cuimhn air a mhath a rinn thu,
'S mar sin bithidh mi ga d' fhàgail
Gus am faigh am bàs a ghreim ort,
Mo chuilean bochd.

Oran Iomraidh.

Agus O théid i!
Hó ró, mo ghillean gramail,
Agus O théid i!

Suidhibh oirre, fheara gaolach;
Suas a' bhirlinn chaol 'na deannaibh.

Càireamaid ar guala rithe;
Ar lamhan fhéin bheir fuasgladh dhuinne.

Bithibh briosgarra 'san linne;
'San tuinne leigibh éirigh leatha.

Còmhla fheara, iomramaide;
Fuaim an aona-mhaide, 'thig rithe.

Sud am fèath, is so an t-iomramh,
Sud 'nuair shiùbhladh i le farum.

Théid i mar an t-eun air iteig,
Théid i mar am miol-chu ruithteach.

Chlisg i mar na gathan-gréin'
'Tha 'n sud 'na déidh a' mireag rithe.

Hùg so, fheara! chi mi shuas ud
Fadadh-cruaidh: tha fuaradh-frois' air.

Suas i, suas i, rudha 'n fhuaraidh,
'S càiridh sinn a cuallach oirre.

'S ann an sin a thig i beò,
'S a sheinneas i dhuinn crònan laghach.

Leumaidh i thar bhàrr nan stuadh
Mar eilid ruadh thar luachair mhonaidh.

Sgobadh dhi, is biomaid dìleas,
Daoin' air tìr is iad 'gar feitheamh.

Biodh e ac' r'a ràdh r'a chéil',
"A bhirlinn threun, gur math do ghabhail!"

Théid i ged tha 'n sruth 'na chaoiribh,
'Taomadh a nuas m'a claigeann.

Théid i ged a chit' a' lasadh,
Builgean-fala air ar basan.

Théid i, théid i! fheara, éighibh,
Théid i, théid i, 'dheòin, no dh' aindeoin!

Agus O théid i!

Hó ró, mo ghillean gramail,
Agus O théid i!

Oran an Iasgair.

Hó mo bhàta laghach,
'S tu mo bhàta grinn;
Hó mo bhàta laghach,
'S tu mo bhàta grinn;
Hó mo bhàta laghach,
'S tu mo bhàta grinn;
Mo bhàta bòidheach, lurach,
'Thogadh taobh Loch-Fìn'.

Sud a' chungaidh 'chàireadh
'M bàta 'choisinn buaidh-
Druim de'n leamhan righinn,
'N sàs san darach chruaidh;
Fiodhannan is ùrlar,
Sùighte, fallain, buan,
Giuthas glan na Lochlainn,
Fuaight' le copar ruadh.

B' àlainn air an tràigh i
Mu'n deach' i air sàil-
A leagail cho bòidheach
Air gach dòigh sam b' àill-
Urlar glan gun chaise,
Saoibhir, làn, m'a bràigh;
Sùidhean dlùth 'ga dùnadh
Cuimir, cruinn, gu h-àrd.

B' àlainn i 'na h-uisgeam,
Mach 'sa chaladh chiùin-
Fèath-nan-eun mar sgàthan
D' a croinn àrd' 's d' a siùil;
Eoin na mara aoibhinn,
'S mar le farum ciùil,
'G itealaich mu'n cuairt di,
'Cur an céill a cliù.

Bu togarach mo bhàta,
Mach air aghaidh cuain,
Nuair thigeadh oirnn, le caitein,
A' ghaoth sgaiteach, chruaidh;
'S ann an sin air thoiseach
'Choisneadh tusa buaidh;
'G iarraidh suas ri fuaradh,
'S crònan binn fo d' chluais.

Nuair dh' éireadh i 'na meallaibh
'S thigeadh oirnn le gàir
Na cnapan àrda, geala,

'S cìrein air am bàrr,
'S tusa thilleadh uait
Na stuadhan ribeach, àrd',
Rathad aca 's agad,
'S cha fhliuchadh tu clàr.

Nuair thigeadh i na grìosaich
Nuas o shliabh nam beann,
Sìobain gheal ag éirigh
Suas mu bhàrr nan crann,
'S tusa 'n sin nach géilleadh,
Ach 'ga h-iarraidh gann,
Shadadh i fo chéil
Na caoirean dearg mu d' cheann.

Sud an té nach diùltadh
Tilleadh nuair a b' fheum;
'S tu thigeadh le sìnteig,
Nuair a dh' iarraim fhéin—
Do sheol-cinn mu d' chluais,
Mu'n cuairt bhiodh tus' ad leum,
Cliathach eile fothad,
'S cuartag chruinn ad dhéidh.

Fhad 's is mairean dòmh's',
Mo bhàta bòidheach, grin,
'S fhad 's a chaomhnar slàn
Na gillean gleusd tha innt',
Ged a tha mo dhachaidh
Taobh a' chladaich luim,
Gheibh mi làn is stòr
A grinneal gorm Loch-Fìn'.

Rinneadh an da oran so, "Oran an Iasgair," agus "Oran Iomraidh," leis an Olla Urramach Iain Mac-Leoid, nach maireann. Bha e na mhinisteir an sgìreachd Mhor-bheinn. Bu bhràthair e do Thormoid, "Caraid nan Gaidheal," agus coltach ris-san bha e na dheagh sgrìobhadair Gàilig. Tha iomadh sgeul agus eachdraidh thaitneach o 'pheann ri'm faotainn 'sa "Chuirtear" agus 'san "Teachdaire Ghàidhealach." Tha 'n da oran so a nochdadh gu robh aige tomhas nach bu bheag de ghibht na bàrdachd.

Iadsan a Phaidh.

Domhnull I Domhnullach, <eng>Stewartdale<gai>
Lachuinn Mac Gilleain, Fourchu
Coinneach C Mac Leoid, Fourchu
Bean Dhomhnuill Mhic Philip, <eng>St Esperit<gai>
Gilleasbuig Mac Fhearghais, <eng>M. B. Road<gai>
N A Domhnullach, Ceap Nor
Anna Chaimbeul, Ceap Nor
Iain D Dùghallach, Grand Mira
Alasdair Mac Fhearghais, <eng>Carribou Marsh<gai>

Bean Thormaid Mhic Aonghais, Ingonish
Bean Iain Mhic Citheagain, <eng>Horne's Road<gai>
Gilleasbuig Mac-a-Bhiocair, Catalone
Domhnall A Mac Fhearghais, <eng>Glace Bay<gai>
An t-Urr. D. M. Gillios, <eng>Glace Bay<gai>
Aonghas Mac Amhlaidh, <eng>Glace Bay<gai>
Aonghas Mac Fhearghais, <eng>Glace Bay<gai>
Aonghas Domhnallach, <eng>Glace Bay<gai>
R H Domhnallach, Sgir Dhubh
Domhnall I Mac Neill, Sidni
Iain L Mac Fhionghain, Sidni
Mrs Nic Rath, an Abhainn Mheadhonach
Donnachadh Moireasdan, <eng>New Harris<gai>
Ioseph I Mac Neill, am Pon Mor
A V Mac Gillebhràth, Seana Bhrìdigeport
D I Mac Ascuill, L'Ardoise
Iain Moireasdan, Framboise

Bidh tuilleadh 'san ath àireamh.

Bas.

Aig a Mhèinn a Tuath, air a cheud latha de 'n mhios, Oighrig, bantrach Dhomhnuill Mhic Aoidh a bha chòmhnuidh aig Beinn a Mhàrmoir. Bha i ceithir fichead bliadhna 's a deich a dh' aois, agus na mnaoi chliùitich air an robh meas aig luchd a h-eòlais. Bha i o chionn aireamh, bhliadhnachan a leughadh MHIC-TALLA, paipeir 'san robh ùigh mhor aice. Bha i air a tiodhlacadh aig Beinn a Mhàrmoir air an treas latha de 'n mhios.

[TD 136]

[Vol. 12. No. 17. p. 8]

Amhairc an So!
'san ath aireamh airson
SANAS UR
bho
<eng>The Canadian Bank of Commerce
Sydney, C. B.
P. C. STEVENSON, MANAGER.<gai>

Oran an Tombaca.

LE "D. D."

FONN.
Tombaca na smùid a thogadh mo shùnnd,
'Sa chuireadh air chùl gach òinsealachd;
Tombaca na smùid a thogadh mo shùnnd.

An tombaca th' aig Iain, 's e leighseadh mo chridhe,
'N uair rachadh fo m' chiobhal-sa gòmag dheth.

Cha 'n fhaighinn cho blasda an diugh air a mharcaid;
Gu leigheas gach aiceid 's e 'm <eng>boy<gai> e.

A phronnadh gu mìn, 'sa chàradh am pìob,
Gur àlainn leam fhìn an ceò thig as.

Ged bhiodhte ga m' thachdadh le tùchadh is casdaich,
Gu 'n leighis da bhlast dhe mo sgòrnan-sa.

Gun smoc dhe 'sa mhadainn, 'n àm éirigh a leabaidh,
Gu deimhin cha'n fhaicear na brògan leam.

Gu'n caill mi mo fhradharc, mo thuigse 's mo mheomhair
Mur bi e ri fhaighinn 's na stòraichean.

Gur truagh bhios a' chlann 's an té 'tha na 'n ceann,
'S nach gabh anns an àm sin còrdadh rium.

'Nuair lionainn T D gu dòigheil dhomh fhìn,
Cha bhitheadh an rìgh cho sòlasach.

Cha'n fhairich mi sgios, cha ghearain mi ni,
Ma thachras pios bhi 'm phòca dhe.

'S ann theid mi gu luath am baile mu 'n cuairt,
Gu h-iorramach, duanach, òranach

Na cailleachan 's glisce gu 'm bheil iad am meas air,
Gur toil leotha <eng>pinch<gai> na 'n srònan dhe.

Gur suarach an ni, luchd-riaghlaidh na tìr
'Bhith maoidheadh air cìs a dhòrtadh air.

Di-moladh an Tombaca.

LE AONGHAS BEAG.

FONN.

Tombaca na smùid 'ga mholadh as ùr,
'Se dh'fhàg mi gun sùnn, 's cha neonach e;
Tombaca na smùid 'ga mholadh as ùr.

Tombaca neo-bhlasda, ged bhiodh agam sac dhe,
Gur mise nach blaiseadh air òirleach dhe.

Na duilleagan sgaiteach gu teann air am pasgadh,
Gur tric iad 'cuir aiceid 's na h-òigearan.

Fear cha bhi buidheach, gun phasgan de'n luibh ud
Fo 'fhiaclan buidhe-'s cha bhòidheach iad.

Cha bhi e 'san fhasan gun phiob 'na phoc'-achlais,
'S a spliùcan tombaca 'bhith còmhla rith'.

Ged tha cuid anns an dùthaich an dràsda 'toirt cliù air,
Gur trom tha e spùilleadh am pòcannan.

Ach ma ni mise tachairt ri pàirt diubh 's e aca,
Maoidhidh mi racaid 's an t-sròin orra.

Tha bodaich na sgìre ro dheisail, da rìreadh,
Gu tairgse na pìoba do 'n òigridh.

'S tric luchd an tombaca gun bhiadh, 's iad air acras,
Gun aodach no caiseart-gur brònach iad.

'S truagh nach robh 'chis air braidean tri fillt',
'S nach faighte làn pìob 'sa phrovince dhe.

Gu'm faighinn am bàs na'm faicinn an tràs
Na cailleachan cur <eng>charge<gai> na'n srònan dhe.

Seann Oran mu'n Tombaca.

Chuala sinn beagan rann de dh' òran a rinn cuideigin uair no
uaireigin a moladh an tombaca, a b' fhior thoigh leinn fhaotainn gu
h-iomlan. 'S iad so na rainn air am bheil cuimhn' againn.-

O, phiob thombaca
Leig a mach do cheò;
Seall am faic thu tighinn
Fear a chridhe chòir?

Marbhaisg air na daoine!
Nach do dh' fhag iad saor e;
Nuair a b' fhearr an saoghal,
Bha e daor air gròt!

Ma tha tuilleadh dheth aig aon sam bith a leughas so, bidh sinn glé
thoileach fhaotainn.

Slan le Mac Coinnich.

EADARTHEANGAICHTE LE ALASDAIR A. MACRATH AN NEW ZEALAND.

Slàn le Mac Coinnich mor Iarla 'n taoibh tuath,
Morair Loch Carrunn 's Ghleann-Sheile nam buadh;
Ceann-feadhna deas, sgairteil, a sheol uainn air chuairt,
Le 'bhàta mar eala air bharraibh nan stuadh,
Dol gu tìr fada thall thog e suas a chuid siùil;
Slàn le Mac Coinnich, Ceann-feadhna ar dùthch'.

Gu ma luath bhios do bhàt' anns gach gàbhadh toirt buaidh,
Do sgiobair bhi allail 's do mharaichean suairc,
Ann an cunnart neo-ghealtach, gun tais' ri fal uair,
Ged a shéideadh gaoth làidir, 's ged a bhàrcadh an cuan.
Air clar-uachdar a daraich mi 'g òl a dheoch-slàint';
Slan le MacCoinnich, Ceann-feadhna Chinntàil'.

Dùisg as do sheòmar 'ghaoth mhòthar bho dheas,
'S mar dhurachd a chinnidh gu dileas bi leis,
Bi fad-fhoighidneach, bàigheil, mar ghràdh a luchd-dùthch',
Gu dìleas na aobhar gun aomadh an tùirn;
Séid gu sèimh, socrach, a chaomh oiteag bi tlàth
A giulan Mhic Coinnich, Ceann-feadhna Chinntàil'.

Gu'm bi t-iùl-fhear féin eòlach, làn earbsach le céill,
Gu tomhas na fairge 's gu cnuasachd nan speur,
Le chainb geal ga 'sgaoileadh bho bhrataich gu clàr,
Ach 'n àm tilleadh le sìth tog tri-fillt' i na's àird,
Gus an cuir creagan Sguir-Uirean is Brathainn nan sàr
Fàilt' air Mac Coinnich, Ceann-feadhna Chinntàil'.

ANNS AN STOR UR

LE STOC MOR DE DH

Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula

ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE

air Sraid Shearlot.

<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

Tha sinn

A CREIC A MACH AR STOC IOMLAN

de dh'

Airneis 's de Bhrait-Urlair

air na chosd iad.

<eng>Gordon & Keith,

A. T. Grant, Manager<gai>

350 Sraid Shearlot, Sidni, C. B.

<eng>Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na
treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a.
m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m.,
'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

[Dealbh]

A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>

Sidni, Feb. 8, '01.

A. J. BEUTAN.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "policies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh'iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.

M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

NIALL MacFHEARGHAIS,

Ceannaiche Taillear.

Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair

fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

<eng>Mac-Talla.
Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.
Bliadhna, \$1.00
Tri Miosan, .30
Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 137]

[Vol. 12. No. 18. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, AM MART 4, 1904. No. 18.

Chaochail an Seanair Hanna, duine bha glé iomraiteach 'sna Stàidean o chionn iomadh bliadhna agus gu àm a bháis. Fhad 's bu bheò e bha e gabhail pàirt an cùisean-riaghlaidh na dùthcha; cha robh fear-stàite

na'm measg bu mhò cumhachd na e. Bha e na 'dhuine teòma, làidir na inntinn, agus innleachadh air son cùisean a thoirt dh' ionnsuidh na criche bu mhiann leis. Bha moran chàirdean aige, agus mar bu dual, moran naimhdean. Thainig bàs aithghearr air, agus mar sin tha cothrom aig daoine air moladh beò is moladh-mairbh fhaotainn air. Is iongantach cho ealamh 's a theid car a chur ann an cliù duine le e-fein a bhi air a ghearradh as leis a' bhàs. Tha daoine 's paipeirean d' am b' àbhaist a bhi cur sios air an t-Seanair Hanna an diugh a' toirt fa-near gu robh iomadh buaidh air d' an robh iadsan gu ruige so dall. Cha'n eil an so ach aon dearbhadh eile air fìrinn an t-sean-fhacail: "Ma's math leat do mholadh, faigh bàs; ma's math leat do chàineadh pos.

Tha bàs an t-Seanair Hanna a' deanamh cathair an Ard-Riaghladair gu math cinnteach do Theodore Roosevelt. Thainig Mr. Roosevelt gu bhi 'san inbhe 'sam bheil e le tuiteamas, no mar bu chòir a radh, le obair an Fhreasdail. Cha robh toil no dùil sam bith aig a phàirtidh d' am buin e a chur air stiùir-riaghlaidh na dùthcha. Ceithir bliadhna 'n àma so bha e na Riaghladair air Stàid New York. Bha e anns an dreuchd sin a nochdadh gliocais agus ceartais, barrachd mor 'sa bha tighinn ri càil na feadhach a bha air cheann na pàirtidh. B' fhearr leotha duine bhi 'san dreuchd sin d' am bu bhuidh sònruichte a bhi leam-leat; fear a chumadh a mhor-chuid de gach seòrsa sluaigh air a thaobh, biodh an lagh air a choimhead no na bitheadh. Agus gu dé rinn iad ach an cinn a chur cuideachd agus ainmeachadh 's a thaghadh mar iar-riaghladair do 'n dùthaich. Anns an dreuchd sin shaoil iad nach biodh na chomas moran math no uilc a dheanamh; agus b' fhior dhaibh, oir cha'n eil a dh' obair aig an iar-riaghladair ri dheanamh ach àite 'n àrd-riaghladair a ghabhail ma dh' éireas dad dha. Sin rud ris nach robh dùil aca; ach sin rud a thachair. Bha Mac-Fhionnlaidh còir air a ghearradh as le làimh fir-millidh, coltach ri dithis no triùir a bha riaghladh roimhe; agus bu le Roosevelt àite. Uaithe sin tha a phàirtidh an im-cheist-cha'n eil fhios aca gu dé 's fhearr dhaibh a dheanamh, Roosevelt ainmeachadh agus a bhi gu math cinnteach an taghadh a chosnadh, na fear eile ainmeachadh agus a bhi 'n cunnart call. Tha Roosevelt measail air feadh na dùthcha gu h-iomlan, agus tha e mar sin na neart dhaibh; ach air an laimh eile tha e gu mor an aghaidh nan cuideachdan a tha deanamh greim air malairt is gnothuch na dùthcha, cuideachdan a tha ann an luib a phàirtidh fein, agus mar sin tha e na chunnart daibh. B'e 'n Seanair Hanna an aon duine bha iad an dòchas a ghabhadh àite le coltas a bhi air a thaghadh, ach thug am bàs, nach amhairc air innleachdan dhaoine agus nach dean feitheamh ri taghadh no ni eile nuair a thig 'àm, air falbh esan mar an ceudna.

Cha chuireamaid os leth Roosevelt air chor sam bith gu bheil e toilichte bhi faicinn bàs nan daoine bha air an cur eadar e-fein 's a shoirbheachadh. Cha duin' e a dh' iarradh beatha dhaoin' eile iomlaid air-son a leas fein. Ach saoilidh sinn, nuair a smaoinicheas e air mar a dh' fheuch "a chàirdean 's a luchd-gaoil" ri chur fodha 's mar a thainig e 'n uachdar, mar a dh' fheuch iad ri sheise fhaotainn 's a dh' fhairtlich orra, gu'n tig fiamh a ghàire air a

ghnùis, 's gu 'n abair e gu beag, sàmhach ris fein, mar a thuirt Donnachadh Bàn:—

“'S iomadh car a dh' fhaodas
Tigh'nn air na fearaibh,
Theag' gu'n gabh iad gaol
Air an ni nach fhaigh iad.”

Tha moran naidheachdan ri 'n cluinntinn mu'n chogadh, cuid diù a tha fìor 's cuid nach eil. Anns na blàir bheaga bh'ann o chionn ghoirid tha gach taobh ag radh gu'n d' fhuair iad buaidh. Cha'n eil na fiosan a thig á St. Petersburg no a Tokio ri bhi air an gabhail gun ghràinein salainn. Tha araon Ruisia is Iapan car coltach ris a ghille mhaol dhubh: cha “chiùrr e cogais” aon seach aon diù an fhirinn a chothlamadh a reir am mianna fein. Tha e gu nadurra doirbh leotha aideachadh gu'n deachaidh blàr na'n aghaidh, agus air an aobhar sin ni iad dichìoll air a chleith. A bharrachd air sin tha iad a' creidsinn gu'n cuidich e leotha fios a dhol fad is farsuinn gu 'n d' fhuair iad buaidh. Cha'n eil againn air ach feitheamh le foighidinn gus an tig sgeul chinnteach. A h-uile sgeul a thig roimhe sin creideamaid na chi sinn iomchuidh; neach a ni sin bidh e cho faisg air a bhi ceart ri neach sam bith eile.

Cha'n ann nar duthaich fein a mhain a tha luchd-teagaisg nan sgoilean a gearain air an tuarasdal. Tha a cheart uiread aobhair ghearain aca anns an duthaich taobh thall na criche. Anns na Staidean gu h-iomlan, tha tuarasdail luchd-teagaisg, ri 'n gabhail bhar a cheile, na's lugha na tri cheud dolair 'sa bhliadhna. Cha mhor gu bheil luchd-ceaird no obrach eile nach eil a faighinn barrachd airgid air son an saothreach. Ann an Chicago, far am bheil tuarasdail na's airde na ann am bailtean eile, coisnidh an saor eadar da cheann na bliadhna a dha uiread 'sa choisneas am maighstir-sgoile. Ann an Colorado, far am bheil maighstir-sgoile faighinn faisg air a dha uiread tuarasdail 'sa tha air a thoirt d'a sheorsa an Staidean eile, cha'n eil muinntir sam bith a' faotainn na's lugha tuarasdail na e, ach a mhain cleirich, luchd-frithealaidh is obraichean cumanta. Ann an caochladh bhailtean tha 'm fear a tha gabhail curaim de'n tigh-sgoile, ga sguabadh, ga sgùradh 's ga chumail blath, a deanamh barrachd tuarasdail 'sa tha 'n t-ard-mhaighstir. Cha'n eil cuisean a bhi mar sin idir creideasach. Feumaidh Canada agus na Staidean barrachd meas a chur air dreuchd a mhaighstir-sgoile. Tha e gle cheart oil-thighean is ard-sgoilean a bhi air an suidheachadh anns am faigh daoine cothromach eolas air ealain, canainean is eachdraidhean; ach feumaidh a mhor-chuid de'n t-sluagh an cuid ionnsachaidh fhaotainn anns na sgoilean cumanta. Bu choir na sgoilean cumanta bhi air an deagh uidheamachadh agus fo churaim luchd-teagaisg sgileil, foghlumte, a chum gu'm fas an oigridh suas ann an eolas a bhios feumail dhaibh ann an cath na beatha. Cha'n fhaighear an seorsa luchd-teagaisg sin am bitheantas air na tuarasdail a thatar a' tairsge air feadh na duthcha so.

Cleachdaidhean Co-cheangailte ri Bas.

'Nuair a gheibh duine bas anns a' Ghaidhealtachd tha e air a shineadh air bord ris an abrar an eisinn, no an eislinn, 's air a chuirneachadh le anart geal. Air uachdar an anairt so tha soitheach fiodha lan uire-no theagamh sgrath, air a chur, agus grainein beag saluinn. Tha an uir a' ciallachadh a choluinn thruaillidh agus an salunn an t-anam neo-bhàsmhor. Ma thuit do dh'im a bhi 'san tigh 'san robh an corp na luidhe, chuireadh iad tarrung ann, ga chumail milis, "gun dol aog" mar theireadh iad, oir b'e 'n t-Aog am bas. Tha beachd agaibh air a phort:-

"A bhean a bh'aig an tàillear chaol
Thug an t-Aog an ceann dhi."

Bha gach teine air a smaladh far an robh corp, agus bha e air a mheas cho mi-shealbhach cu no cat a ruith thairis air corp 's gu'n robh iad a cur as do chu no cat a thuit leum thairis air a chorp. B'abhaist dhaibh cuirp fhaireadh, agus b'abhaist do na baird a bhi lathair a dh'aithris cliu an fhir a bh'air an eisinn, ann am marbh-rann. 'S ann mar so a dh'eirich an t-ainm "Moladh mairbh" air moladh sam bith a tha thar thomhas.

Cha robh e air a mheas sealbhach tòrradh air Di-haoine. O shean cha robh na mairbh air an cur ann an ciste mhairbh, ach air an suaineadh nam breacan 's air an giulan air bord a dh'ionnsaidh a' chladh. Air son nam bochd, bha anns gach sgireachd ciste mhairbh air a dheanadh de shlat, ris an abrar "caiseal chrò." Bha màs na caiseil chrò air ludagain agus 'nuair a ruigeadh iad grunn na h-uaigh bha am mas a fosgladh agus bha 'chaiseil chrò air a togail a nios as an uaigh agus deas air son na h-ath uair a bhiodh feum oirre. A chuirneachadh na caisil chrò bha anns gach sgireachd brata mor dubh ris an abradh "brat-nam-marbh," agus air Galldachd "mortcloth."

[TD 138]

[Taobh-duilleig 139 san leabhar fhèin]

[Vol. 12. No. 18. p. 2]

Bha na Gaidheil a meas gu'n robh e cur dimeas air a mharbh ma bha tùrn obair air a dheanamh latha an torraidh. B'abhaist deur math a bhi dol aig tòrradh; ach tha sin seachad an nis, agus tha e cho math, ged a dh'fhaodas cuid de na seana bhodaich a bhi gearan nach fhiach do dhuine a nis dol gu torradh. Bho shean, b'abhaist do gach cladh a bhi air fhaireadh le cairdean an t-aon mu dheireadh a bha air a chur 'san uir, gus an robh h-aon eile air an cur fo'n fhoid. Ann an sgireachdan far an robh an sluagh gann agus fallain bha am faireadh-cladh so na uallach mor. Gheibheir gus an latha 'n diugh anns na seann chladhan bothain chaithris, ged nach 'eil iad a nis air an cur gu feum. B'abhaist do phiobaire a bhi aig torraidhean o shean, a cluich cumha an fhir a dh'fhalbh.

B'abhaist dhaibh cuirn a thogail os cionn nam marbh, agus 's ann o'n chleachdadh so a dh'eirich an sean-fhacal, "Cuiridh mi clach ad charn," 'nuair tha sinn toileach deagh run a nochdadh do neach. Tha cuid mhath de shean-fhacail againn mu'n bhas, mar a tha "Cha tig am bas gun leisgeul," "Cha tig am bas gus an tig an t-am."

FIONN.

Cuiridh an geamhradh so na'n tàmh iadsan a bhiodh ag radh gu robh sìde na dùthcha air atharrachadh. Tha e mairsinn gle fhada 's a fuireach anabarrach fuar. Tha'n t-sìde cha mhor gun bhristeadh o thoiseach na bliadhna, le sneachda trom 's cruaidh reothadh. Bha aiteamh mhor ann toiseach na seachduin s'a chaidh, a dh' islich an sneachda 's a bhogaich na ròidean, ach thainig tuilleadh sneachda 's reothaidh deireadh na seachduin. Bha oidhche Di-sathuirne cho fuar ri latha no oidhche thainig ré a gheamhraidh. Ged tha'n t-sìde so car mi-thaitneach, tha i fallain, agus bidh i feumail do'n dùthaich: tha na deagh ròidean tarraun ann agus mar sin tha cothrom aig tuathanaich 's aig muinntir eile air obair a dheanamh, a bharrachd air sin tha'n sneachda na dhion do'n talamh, agus ma bhios sìde 'n t-samhraidh fàbharrach, bidh fàs math air feur 's air bàrr.

Chaidh an taghadh Di-màirt s'a chaidh seachad gu sàmhach. Bha an t-ard-bhàillidh W. A. Richardson air a thaghadh gu h-aon-ghuthach, agus mar an ceudna da chomhairleach, Iain A. Young agus Calum H. Moireasdan. Anns an dara roinn de'n bhaile bha Tearlach Mac-Fhionghain air a thaghadh le 167 bhòt; fhuair L. X. Domhnullach 96 bhòt, agus J. W. Kyte 91. Anns an treas roinn bha Raonull Gillios air a thaghadh le 273 bhòt; fhuair Harry Morley 136 bhòt. Anns a cheathramh roinn bha Domhnull A. Mac-Coinnich air a thaghadh le 137 bhòt: fhuair Semuas A. Cléireach 80, agus A. D. Falconer 78 bhòt. Tha Mac-Fhionghain ann an Comhairle bhaile o chionn shia bliadhna. Bha'n Gilliosach anns a chomhairle fad da bhliadhna deug, agus air bòrd na sgoile ochd bliadhna deug. Bha a cheud choinneamh aig a chomhairl' ùr oidhche Dior-daoin.

Ma's fìor na fiosan a thàinig ré an da sheachduin s'a chaidh, thug càbhlach Iapan a dha no trì dh'ionnsuidhean air Port Arthur. Is e so ceann-bhaile Ruisia 'san àird an ear. Air a cheud ionnsuidh, toiseach na seachduin s'a chaidh, dh' fheuch na h-Iapanich ri àireamh de sheann soithichean, luchdaichte le cloich, a chur gu grunn aig beul na h-acarsaid. Bha so air-son càbhlach Ruisia, a bha stigh 'san acarsaid, a chumail a stigh. Cha do shoirbhich leotha gu h-iomlan anns an ionnsuidh sin. Chuir peileirean nan gunnachan-mora Ruiseanach na seann soithichean gu grunn mu 'n d' fhuairleadh dh' ionnsuidh an àite cheart iad, agus mar sin tha cothrom dol a mach is teachd a steach aig càbhlach Ruisia fhathast. Tha daingneach eile aig Ruisia tuath air Corea-Vladivostock-a tha ré a gheamhraidh air a chuartaich le deigh. Tha càbhlach-chogaidh aice air acair an sin nach fhaigh cothrom dol a chogadh gu samhradh. Tha Iapan air-son Port Arthur a chisneachadh an cabhaig a chum, nuair dh' fhalbhas an deigh, nach bi aice ri h-aghaidh a chur ri Ruisia ach an aon àite.

Tha muinntir na dùthcha bige sin a nochdadh moran gliocais is tapaidh. Cha'n eil teagamh, na'm faigheadh a mhor chuid de shluagh na Roinn-Eòrpa 's America an dùrachd, nach i gheibheadh buaidh.

Seachduin gus an Di-luain s'a chaidh bha Padruig Walsh, fear-cumail an tigh-sholuis aig Lingan air a mharbhadh. Bha e ann an Dominion No. 1 ré an latha a coimhead a bhràthar. Thòisich stoirm feasgar nuair bha e dol dhachaidh. Tha 'n rathad an àiteachan a' ruith glé fhaig air oir na creige taobh a chladaich; chaidh o air chall le doirbhead na sìde, agus 'sa mhaduinn fhuair e e-fhéin 's an t-each marbh aig bonn na creige, far an robh i mu dha fhichead troigh a dh' àirde. Bha Mr. Walsh gun phòsadh agus mu dha fhichead is coig bliadhna dh' aois.

CUISEAN CLEIREACH—Bha an t-Urr. Iain U. Mac Phàil air a shuidheachadh ann an eaglais Phort Morien Di-màirt an treas là fichead de 'n mhios a dh' fhalbh.—Tha coithionail Cléireach Sràid Falmouth 'sa bhaile so a' toirt gairm do 'n Urr. Uilleam H. Smith á Summerside, E. P. I.—Tha Mr. Forbeis, ministear St. Andrew's a nis an tìr Phalestin. Fhad 'sa bhios e air falbh bidh seirbhis Ghàilig air a cumail mar a b' àbhaist air a cheud 's air an treas Sàbaid de 'n mhios, le fear mu seach de mhinistearan Gàidhealach na clèire. Bha 'n t-Urr. Iain Mac Fhionghain, o Aiseag Mhira air cheann na seirbhis maduinn a cheud là fichead de Februaridh. B'e sin a cheud uair a chualas ann an Sidni e, agus thaitinn a shearmonachadh gu math ris na bha ga éisdeachd araon am Beurla 's an Gàilig.—Tha 'n t-Urr. Tearlach Mac-an-Tòisich, a bha'n droch shlàinte a chionn dha no tri mhiosan, air a dhol gu math am feobhas, agus tha dòchas aige bhì air ais aig obair an ùine ghoirid. Bidh a chàirdean uile toilichte nuair a chi iad air cheann a choithionail e na shlàint' àbhaistich.—Tha 'n t-Urr Domhnull Mac-'Illemaoil, 'sa Mhèinn a Tuath, a' cur roimhe bhì air fhuasgladh o'n sgìreachd sin mu mheadnoin an t-samhraidh s'a tighinn.

Chaochail fear Iain Barkhouse ann an siorrachd Halifax aig aois ceud is coig bliadhna. B'e an t-aon bu shine de theaghlach anns an robh tri deug. Rainig gach aon diubh aois mhor, ach thug esan bàrr orr' uile. Bha e o òige a' tighinn beò air biadh cumanta, agus ag obair daonnan anns an àile fhosgailte. Cha'n eil lighichean ann a's fhearr na àile glan is biadh fallain.

Bha taghadh ann am baile Dawson, 'sa Yukon, o chionn ghoirid, agus bha Seumas F. Domhnullach air a chur a stigh mar àrd-bhàillidh. Bha dithis eile ruith air-son na dreuchd, fear a mhuinn-Ontario 's fear a mhuinntir Alberta, ach dh' fhàg esan fad air deireadh iad le cheile. Fhuair an Domhnullach a bhreith is 'àrach ann a Hogamah, far am bheil a bhràthair, Iain K., na mharsanta. Is mac e do Phadruig Domhnullach nach maireann, ris an abradh daoine san t-seann dòigh Ghàidhealaich, "Pàdruig Mòr." Tha MAC-TALLA guidhe soirbheachaidh dha, agus ag altrum dòchas gu'n lion e dreachd urramach na h-àrd-bhàillidheachd air dhòigh a bhios a chum math a bhaile agus a chum tuilleadh cliù is urraim dha fein.

AM MAC A B' OIGE.

Leis an Urr. Iain Mac Ruairidh.

CAIBIDEAL VI.

MU dheireadh thainig an latha air an robh agam ri falbh o'n taigh. Agus cha téid an latha sin as m' aire fhad 's a bhios mo thùr 's mo chiall agam. Cha do dhùin mo shùil an oidhche roimhe sid leis na bha de smaointeanan ag éirigh suas 'na m' inntinn mu dheidhinn a bhith 'fàgail taigh m' athar far an robh mi 'faotainn a h-uile ceartas a b' urrainn fear dhe mo sheòrsa 'fhaotainn. Thuirt mi rium fhin, nach robh fhios nach ann a bha mi 'ruith o theas gu fuachd. Agus leis na dh' éirich de smaointeanan iongantach 'na m' inntinn, cha mhòr nach do theab mi éirigh agus a ràdh ri m' mhàthair gu 'm b' fhearr leam fuireach far an robh mi na falbh. Ach bha e tàmailteach leam gu 'm biodh e ri ràdh gu 'n do ghabh mi an t-aithreachas. Mu dheireadh thuirt mi rium fhin gu'm falbhainn gun teagamh o'n a rinneadh a h-uile deisealachd air son mo thuruis.

Tha cuimhne mhath agam gu 'n robh mi glé bhalbh, agus glé neo-shunndach fad na madainn ud. Agus ged a shuidh mi aig a' bhiadh maille ri càch, cha mhòr a ghabh mi dheth.

An uair a bha mi deiseil gu falbh, thuirt m' athair gu 'n robh toil aige beagan fhacal a ràdh rium. Bha 'n teaghlach gu léir cruinn aig an àm. Thuirt e: "Tha thu nis a' falbh, a Sheumais. Agus ged a tha thu 'falbh le ar n-aonta, b' fhearr leinn thu dh' fhuireach. Ach o 'n a chuir thu romhad falbh, tha e cho math dhuinn do thoil fhein a leigeadh leat. Tha 'chùis coltach nach bi thu ach a' cur seachad na h-ùine gun fheum ged a dh' fhanadh tu aig an taigh. Is olc an obair nach fhearr do dhuine na bhith 'na thàmh. Ach cuimhnich nach ionnan a bhith ann an taigh d' athar far an robh tomhas mòr dhe do thoil fhein agad, agus a bhith fo chuing nan coimheach. Feumaidh tu 'bhith aig d' obair air an uair, agus an aire mhath a thoirt air d' obair, ciod sam bith obair a thachras dhut fhaotainn.

"Ma 's math leat faotainn air aghart anns an t-saoghal so, agus anns gach ni a bhuineas do 'n t-saoghal a tha ri teachd, feumaidh tu do bheatha, 'chaitheamh gu measarra, gu cothromach, agus gu diadhaidh. Bi dìleas do d' mhaighstir. Innis an fhìrinn an comhnuidh. An uair a theid thu cearr-agus theid thu cearr tric gu leòr mar a chaidh a h-uile duine a bha riamh air an talamh-aidich anns a' mhionaid gu 'n deachdaidh tu cearr. Na tòisich idir ri gabhail leithsgeulan, agus ri innseadh nam breug a chum thu fhein a shaoradh. Thig a' bhreug am follais air a' cheann mu dheireadh a dh' aindeoin gach oidhirp a bheir daoine air a cumail am falach. Bi duineil. Cha'n 'eil duine sam bith a's fhearr duinealas na 'm fear a dh' aidicheas gu 'n deachaidh e cearr.

"Na biodh comunn no compantas agad ris na sgaomairean spaideil, mòr-chuiseach a tha cho pailt anns na bailtean mòra. Truailleadh droch comhludard deadh bheusan. Seachainn an t-òl mar gu 'n seachnadh tu 'phlàigh. Ma bhios tu ris a' mhisg, bidh tu ri mi-bheus.

“Biodh meas agad ort fhein, agus bidh meas aig a h-uile duine ceart eile ort. Am feadh 's a dh' fheumas tu an aire mhath a thabhairt nach cum thu comunn ri daoine tha na 's isle staid na thu fhein, feumaidh tu an aire mhath a thabhairt mar an ceudna nach cum thu comunn ri daoine a tha ann an inbhe ro àrd as do chionn. Tha clann nan daoine beairteach ag amharc sìos air clann nan daoine bochda, agus is ainneamh leotha meas mòr sam bith a bhith ac' orra, eadhoin an uair a gheibh iad gu math air aghart anns an t-saoghal.

“Biodh meas agad air Lath' an Tighearna, agus air facal an Tighearna. Seachainn gach aon a bhios a' dol air chéilidh o thaigh gu taigh

[TD 139]

[Taobh-duilleig 138 san leabhar fhèin]

[Vol. 12. No. 18. p. 3]

air Lath' an Tighearna, oir, mar is trice, tha iad a' cur seachad moran dhe 'n Latha Naomh le còmhradh amaideach, le baath-shùgradh, agus le nithean nach 'eil iomchuidh. Cha 'n fhaca mi soirbheachadh spioradail aig a h aon riamh dhe 'n t-seòrsa,

“Tha thu 'falbh as ar sealladh-ne an diugh, agus cha 'n 'eil fhios nach e so an sealladh mu dheireach a chì sinn dhìot. Ach ged a tha thu 'falbh as ar sealladh-ne, cha 'n 'eil thu 'falbh á sealladh Dhé. Bha thusa, mar a bha na h-uile neach eile, a' seachnadh iomadh ni olc agus toirmeasgte, cha b' ann uile gu léir a chionn gu 'n robh fuath agad dhaibh, ach a chionn gu 'n robh eagal ort gu 'm faicteadh ris an olc thu. Ach cum 'nad' chuimhne aig gach àm, agus anns gach àite gu 'm bheil suil uile-léirsinneach Dhé ag amharc ort, agus gur ann 'na làthair a dh' fheumas tu cunntas a thoirt seachad.

“Chuir sinne eisimpleir cho math 's a b' urrainn duinn romhad. Theagaisgeadh dhut mar bu chòir dhut aoradh a dheanamh do Dhia gu diamhair agus gu follaiseach. Agus ged a tha thu 'n diugh 'g ar fàgail cha toir sin oirnn dichuimhn a dheanamh ort aig cathair nan gràs. Tha sinn 'ga d' chur air curam Dhé, agus tha dòchas againn, ma 's e a thoil e, gu 'n stiùir e thu, agus gu 'n glèidh e thu, agus gu 'g toir e dhut a' bheatha mhaireannach, agus na nithean sin a bhios feumail dhut anns an t-saoghal so.

An uair a thuirt e so, lùb sinn uile ar glùinean, agus rinn e ùrnuigh ghoirid, dhùrachdach.

Cha 'n 'eil aobhar dhomh iomradh a thoirt air dad eile a thachair an lath' ud. Foghnaidh dhomh a ràdh gu 'n robh sinn uile tùrsach gu leòr a' dealachadh ri 'chéile. Ach cha robh mise fad' air a dhol á sealladh an taighe an uair a thiorraich mi mo shùilean.

Lean mo bhràthair mi gus an d' ràinig sinn an taigh air Fear Bhaile

nan Slochd. An uair a ràinig sinn, thachair e ruinn, agus e deiseil gu falbh. Bha triùir de ghillean tapaidh an dèigh na h-aighean a thoirt as a' bhualidh, agus iad deiseil gu falbh leotha. Bha Fear a' Bhaile 'marcachd air each beag tapaidh, glas, agus bha mise agus an triùir a bha 'g iomain na spréidhe g' ar cois.

Gus an d' fhuaradh na h-aighean astar math seachad air crìochan a' Bhaile, bha iad glé dhoirbh ri 'n iomain. Bha na gillean tapaidh a bha 'g an iomain a' cur uamhais orm leis na bha iad a' deanamh de mhionnan sgràthail do 'n spréidh, agus do na coin. Ach cha robh iad mòran air thoiseach anns an droch cleachdadh so air am maighstir. Ged a bha e 'na dhuine còir, measail, agus, ann an iomadh dòigh, cho tlachdar ri fear sam bith ach fear ainneamh, bha e 'na chleachdadh aige 'bhith ris na mionnan. Anns an àm ud bha daoine na bu trice ris na mionnan na tha daoine aig an am so. Ach thu aobhar eagail gu 'm bheil luchd nam mionnam tuilleadh is pailt fhathast.

Chuala mi duine còir, tuigseach, a thachair rium o chionn iomadh bliadhna a' labhairt mar so mu dheidhinn nam mionnan: "Cha 'n 'eil aon pheacadh a tha daoine 'cur an gnìomh nach 'eil, air aon dòigh no dòigh eile, a' toirt rud eiginn de bhuanachd dhaibh anns an t-saoghal so ach na mionnan a mhàin. Ma bhios fear ri misg, no ri méirle, tha rud eiginn de riarachadh aige 'g a thoirt dh' a chorp tuailidh, eadhoin ged a tha e 'deanamh seirbhis do Shàtan, ach tha 'm fear a tha ris na mionnan a' deanamh seirbhis do Shàtan gun uiread is fiach suip de bhuanachd aimsireil air a shon. Ged nach 'eil leithsgeul a' pheacaidh ri 'ghabhail air chor sam bith, gidheadh tha sinn a' tuigsinn gu 'm bheil iomadh neach ri breugan, a chum e fhein a thoirt á cunnart, mar a rinn cuid de dhaoine air am bheil iomradh againn ann am facal Dhé; agus tha cuid eile ri gadachd a chum iad fhein a chumail beò. Ach ciod a th' aig fear nam mionnan air son a 'sheirbhis do Shàtan? Cha 'n 'eil dad. A réir 's mar a tha mise 'tuigsinn facal Dhè, is e breugan agus mionnan an dà pheacadh a 's uamhasaiche is urrainn neach a chur an gnìomh. Cha 'n 'eil aobhar againn a bhith 'creidsinn gu 'm bi misg, no mi-bheus, no gadachd ann an ifrinn; ach tha sinn a' creidsinn gu 'm bi breugan agus mionnan ann. Tha fear nam breug 's nam mionnan, ma ta, a h-uile latha 'g ionnsachadh na foghlum sin a 's àirde 'bhios ann an ifrinn. Ach cho luath 's a thig atharrachadh nan gràs air fear sam bith, sguiridh e dhe na breugan, agus dhe na mionnan."

Mar is dluithe 'ghabhas mi beachd air briathran an duine so, is ann a 's mò 'tha mi' faicinn cho glic agus cho tuigseach 's a tha iad.

Ach bha fàilling mhòr eile anns an triùir a bha 'g iomain na spreidhe, agus b' e sin, cho déidheil 'sa a bha iad air an òl an uair a gheibheadh iad an cothrom air òl a dheanamh. Bha Fear Bhaile nan Slochd a' toirt dhaibh cuibheas ri òl; oir bha toil aige araon ainm duin' uasail a ghleidheadh, agus a bhith gu math ri 'chuid seirbhiseach an uair a bhiodh iad sgìth agus gann de chadal ag iomain, agus a' buachailleachd na spréidhe air an t-slighe thun a' mhargaidh. Ach, mar a chunnaic mise an uair a bha mi air mo thurus comhladh riutha, cha 'n fhoghnadh leotha na bha iad a' faotainn o am maighstir, ach dh' fheumadh iad tuilleadh òl anns a h-uile taigh-

òsda thun an tigeadh iad, agus rud a thoirt leotha gus a bhith aca air taobh a' mhonaidh an uair a leigeadh iad anail do 'n spréidh.

Cha chòir coire fhaighinn do dhuine sam bith air son 'fheumalachd a ghabhail de rud sam bith a tha feumail dha; ach tha tuilleadh 's a' choir, eadhoin dhe 'n bhiadh, a' deanamh cron do dh' iomadh neach. Ged bu mhise 'b' òige na h-aon dhe 'n triùir eile, agus ged a bha mi cho trang ri h-aon dhiubh fhein a' coiseachd agus ag iomain na spréidhe le mo mhàileid thruim air mo mhuin, sheas mi na b' fhearr ris an uidil a bh' oirnn na h-aon dhiubhsan, ged nach do bhlais mi air deur dhe 'n uisge-bheatha. Bha iad 'g am choiteach gu tric gus rud dheth a ghabhail uatha; ach o 'n a gheall mi do m' athair nach blaisinn air chuir mi romham gu 'n seasainn ri m' ghealladh.

Bhiodh Fear a' Bhaile iomadh uair diùmbach dhiubh; ach cha b' urrainn e mòran a ràdh riutha o 'n a ghabhadh e fhein smùid mhòr dhe 'n deoch an àm dha 'bhith 'reic agus a' ceannach. Theireadh e nach b' urrainn e reic is ceannadh a dheanamh, no 'àite fhein a sheasamh am measg dhaoin' eile dheth 'sheòrs, gun deur math òl aig àm margaidh.

B' e so an cleachdadh a bh' aig maighisterean 's aig seirbhisich 's an àm a dh' fhalbh, agus tha aobhar taingealachd againn nach 'eil e 'n diugh a leith cho cumanta 's a bha e.

(Ri leantuinn.)

AN GILLE MAOL DUBH.

BHA ann air aon uair gille og ris an canadh an sluagh da 'm b' aithn' e "An Gille Maol Dubh," bho 'n a bha e daonnan gun bhoineid, agus mar bu tric gun chasbheairt. Chaochail a mhathair mu 'n robh e ach og, agus phos athair bean eile. Tha e coltach nach robh a mhuime gle mhath dha 'n a' ghille dhubh. Bha i ga 'chumail a mach a' buachailleachd gu siorruidh, agus cha robh i ro-chaoimhneil dha leis a' bhiadh. Latha dhe na laithean, an deigh moran chruaidh-chais agus fhuilangais, ghabh an gille maol dubh na 'cheann gu 'm fagadh e a dhachaidh, agus gu 'n d' thoireadh e an saoghal mor foidhe. Agus a' cheud chothrom a fhuair e thug e na buinn as. Chuir e seachad an oidhche sin comhla ri ceannaiche paca, air airigh, ann an comunn dhithis chaileagan oga, agus tha an sgeulachd ag innseadh gu 'n robh an oigridh gle thoilichte, agus gle chridheil an cuideachd a' cheile.

Thainig a' mhaduinn 's ghabh an gille dubh 's an ceannaiche cead de na h-oighean. Ach tha e coltach nach robh an gille dubh leth sgith de chombanas na 'm boirionnach, oir tha e air innseadh gu 'n do ghabh e, goirid an deigh fhagail, am air dealachadh ris a' cheannaiche, a chum pilltinn a dh' ionnsuidh na 'n caileagan. Coma co-dhiu, cha deach' e fada air a thurus gus an do thachair e ri aireamh dhaoine fiadhaich-robairean a bha daonnan ri mort is meirle feadh na duthcha. Dh' iarr na robairean air a' ghille mhaol dhubh an leantuinn, ach bho nach bu taitneach idir leis an dol a mach a bh'

aca, ghabh e a' cheud chothrom a thainig an rathad air cul a chinn a chur riu. An uair a dh' ionndrainn na robairean bhuatha fear a' chinn duibh ghabh iad eagal gu 'n innseadh e orra, agus thug iad as air a thoir. Thuig an gille dubh mar a bha; agus bho 'n a chinn aige gu 'm marbhadh iad e na 'm faigheadh iad greim air, faodar a bhi cinnteach gu 'n d' rinn e 'uile dhichioll air an seachnadh. Chaidh e an toiseach am folach ann an uaigh creige, ach air dha smaoineachadh nach robh e ro shabhailt ann an sin, thug e 'chasan as a rithisd. Tha e coltach gur e 'n oidhche a bh' aige, agus na 'chabhaig a' ruith 's a' leum a' teicheadh, thuit e ann an cruibh-eisg, far 'n do theab e a bhi air a bhathadh. Cha robh e ach eigneach air faighinn as a' chruibh-eisg an uair a bha a luchd-toireachd aig laimh. Theich e as a rithisd, agus an deigh dha a dhol troimh mhoran dhorainnean agus dhoilgheasan, thainig e gu seann sabhall, ann a' monadh ard, fada, fada, bho thighean agus bho shluagh. Chaidh e a stigh agus dh' fholaich e e fein air lobht a bha anns an t-sabhall.

Cha b' fhada a bha e 'an sin an uair a thainig na robairean a stigh, agus beathach mairt aca a ghlac iad air an cuairt. Dh' fhionn iad am beathach mairt, agus theann iad ri a rosdadh air teine mor a bheothaich iad ann an ceann an t-sabhail. Mar bha cuid dhiu ris a' chocaireachd bha cuid eile dhiu a' cunntadh airgid agus òir, air an t-seorsa buird a bh' aca. Bhual eagal mor an gille dubh. Thuig e le beag is beag, gu 'm b'e 'm bothan sabhail fear de dh' aiteachan comhnuidh nan robairean, agus gu 'm biodh iad a' tighinn a chodal far an robh e, 's gu 'm faigheadh iad e. Bha e ro-choltach nach robh ann da ach bas aithghearra, sgreatail; ach thug e boid gu 'n deanadh e a h-uile dichionn a b' urra dha air a bheatha fhein a shabhaladh.

Leis na smuaintean sin air a bheachd, gu de da 'n d' thug e an aire mu 'n cuairt da ach moran bhoicionnan is chraicionnan dhe gach seorsa, 's ag eirigh air a chosan charaich e mu 'cheann 's mo chorp de 'bhoicionnan 's de 'chraicionnan na b' urra dha a ghiulain; agus a' dol gu braighe na staidhre bha eadar an lobht' agus urlar an t-sabhail, ghlaodh e le guth ard, garg: "Mo chlann, mo chlann ghaolaich fein, is maith a tha sibh a' deanamh mo thoil, agus bithidh sibh 'n ur clann domh gu siorruidh. 'S ann a tha mi gu dearbh an dochas gu 'm bi sibh a nochd fein maille riumsa far am faigh sibh lan dhuis airson 'ur seirbhis.

Shaoil leis na robairean gu 'm b' e am Fear-millidh fhein gun teagamh a bha a bruidhinn riu, agus b' i 'chois bu luaithe cois bu dilse leis gach fear 's a' chomhlan, a' teicheadh le a bheatha. Anns an upraid a thachair cha robh cuimhn' air

[TD 140]

[Vol. 12. No. 18. p. 4]

an airgid na air an òr a bha na robairean a' cunntadh, agus dh' fhag iad a h-uile bonn diu air a' bhord. Thainig an gille maol dubh a mhan air a sheachd socair, agus cha do chiurr e a chogais an t-airgid agus an t-òr a chur na 'phoca. An deigh sin chaidh e

dhachaidh gu duthaich athair 's a mhuime. Phos e—cha 'n 'eil e air innseadh co-dhiu nighean rìgh na nighean duine bochd. Chuir e an corr de a laithean seachad ann an toil-inntinn agus an greadhnachas; 's mar tha 'n seanfhocal ag radh, mar do chaochail e bho sin tha e beo fhathasd.

Robinson Crusoe.

CABIDEAL XII.

BHA ar suidheachadh a nis muladach da rìreadh; oir chunnaic sinn uile gu soilleir gu 'n robh an fhairge ag eirigh cho fìor ard 's nach b' urrainn gu 'n seasadh am bata rithe, agus gu 'n robh sinn uile gu bhith air ar bathadh cinnteach gu leor. Cha robh seol againn, agus ged a bhitheadh cha deanadh e feum sam bith dhuinn. Bha sinn ag iomradh gu tìr cho math 's a b' urrainn duinn, ged a bha ar cridheachan cho trom 's ged a bhiomaid a' dol a dh' ionnsuidh na croiche. Bha fhios againn uile gu 'n rachadh am bata 'na sgealban an uair a ruigeadh i an cladach. Ach air a shon sin, chuir ainn ar n-anamannan le mor dhurachd air curam Dhe, agus o 'n a bha 'n stoirm 'g ar n-iomain thun a' chladaich, agus sinn fhìn ag iomradh cho math 's a b' urrainn duinn, bha sinn a' greasad thun a' bhais le ar lamhan fhìn.

Cha robh fhios againn cìod an seorsa cladaich a bha romhainn; co dhiubh a b' e creagan no gainmheach a bh' ann, no co dhiubh a b' e cladach cas no cladach comhnard a bh' ann. B' e aon rud a bha toirt beagan misnich dhuinn gu 'm faodadh gu 'n tachradh dhuinn amas air bagh beag, no air bun animhne, no tighinn gu fàsgadh an fhearainn far am biodh am muir rudeiginn lom. Ach cha robh aon seach aon dhiubh so ri 'm faicinn. Mar bu dlùithe bha sinn a' teannadh ris a' chladach, bha sinn a' faicinn gu 'n robh coltas an fhearainn na b' eagallaiche na bha coltas na mara fhein.

An deigh dhuinn a bhi 'g iomradh, no mar a b' fhearr dhomh a radh a bhith air ar n-iomain mu cheithir no coig de mhiltean mara, thainig stuadh cho ard ri beinn 'na deannaibh as ar deigh, agus bha i mar gu 'm biodh i 'g radh gu 'n robh i 'dol a chur cìoch oirnn. A dh' aon fhacal, thainig i oirnn le leithid de dhearg—chaoch 's gu 'n do chuir i thairis am bata anns a' mhionaid. Chaill sinn uile sealladh air a' bhata agus air cach a cheile, agus is gann gu 'n d' fhuair sinn uine air a radh, "Oh Dhe," leis mar a shluig i suas sinn ann an tiotadh,

Cha 'n urrainn mi innseadh cho mor 's a chaidh m' inntinn troimh a cheile an uair a chaidh mi fodha anns an uisge. Oir ged a bha mi math gu snamh, cha b' urrainn domh m' anail a tharruinn, gus an tilleadh an stuadh air a h-ais an deigh dhi m' iomain astar math thun a' chladaich. Cha mhor nach robh a h-uile stuadh a thigeadh 'g am fhagail air talamh tìoram an uair a bhuaileadh i suas thun a' chladaich; agus bhithinn leith mharbh leis na bha dhe 'n t-saile a' dol a steach air mo bheul. An uair a thilleadh an stuadh air falbh bha de neart annam na dh' eireadh 'nam sheasamh, agus bha mi

'feuchainn cho math 's a b' urrainn domh ri greasad gu tir mu'n tigeadh an ath stuadh. Ach cha b' urrainn domh an seachnadh; oir bha an fhairge ag eirigh cho ard ris na beanntan, agus a' ruith 'nam dheigh le corruich mar namhaid, agus cha robh de neart annam na theicheadh, no chumadh rithe. Bha mi 'feuchainn cho math 's a b' urrainn domh ri m' anail a chumail a staigh agus mi-fhin a chumail am barr, agus an uair a gheibhinn an cothrom bha mi deanamh buillean snamha, agus a' cumail m' aghaidh air a' chladach. Bha eagal gu leor orm gu 'm faodadh an sruthadh mo thoirt am mach a rithist mar a bha 'n stuadh 'g am iomain gu tir.

Thainig an sin stuadh a bha uamhasach mor, agus an uair a leag i mi, tha mi creidsinn gu 'n robh eadar fichead troidh is deich troidhean fichead dhe 'n uisge os mo chionn. Bha mi 'g am fhaireachadh fhin air mo ghiulan le neart agus le luaths anabarrach thun a' chladaich. Ach chum mi m' anail a staigh; agus bha mi 'snamh air aghart mar a b' fherr a b' urrainn domh. Cha mhor nach robh mi gu strachdadh a' cumail m' analach a staigh an uair a dh' fhairich mi mi-fhin a' tighinn an uachdar. Fhuair mi grad fhaothachadh an uair a thainig mo cheann 's mo lamhan am barr. Agus ged nach robh mi mar so ach tiotadh, tharruinn mi m' anail, fhuair mi faothachadh mor, agus ghabh mi misneach.

Thainig am muir thairis orm a rithist fad uine mhath, ach sheas mi ris; ach an uair a thill an sruthladh am mach bhual mo chasan an grund. Sheas mi beagan uine a' tarruinn m' analach, agus an uair a dh' fhalbh cuid mhor dhe 'n uisge uam, thoisich mi ri ruith gu tir cho math 'sa b' urrainn dhomh. Ach cha do shabhail so mi o chorruich na mara; oir thainig stuadh eile le cabhaig as mo dheigh. Thog na stuadhannan mi da uair eile, agus o 'n a bha 'n cladach tana chuir i gu math faisge air tir mi.

Cha mhor nach do chuir an stuadh mu dheireadh gu bas mi; oir bhual i mi ri creig le leithid de neart 's gu 'n do chaill mi mo mhothachadh cho mor 's nach b' urrainn domh dad a dheanamh air mo shon fhin. O'n a b' e m' uchd agus mo chliathach a bhual air a' chreig, thug a' bhuille m' anail uam. Agus nan do thill an stuadh anns a' mhionaid, bha i air mo thachdadh. Ach chaidh mi beagan na b' fherr mu 'n do thill na stuadhannan, agus an uair a thuig mi gu 'n rachadh iad thairis orm, ghreimich mi gu teann ris a' chreig, agus dh' fheuch mi ri m' anail a chumail a staigh gus an do thill an stuadh am mach.

A nis o nach robh na stuadhannan cho ard 's a bha iad an toiseach, agus o 'n a bha mi faisg air tir, chum mi mo ghreim gus an do thill an sruthladh am mach gu math, agus ruith mi cho math 's gu 'n robh mi dluth do thir mu 'n d' thainig an ath stuadh. Ged a chaidh i thairis orm, gidheadh cha do chairich i mi as an aite 's an robh mi. An ath uair a ruith mi rainig mi tir. Dhirich mi suas am measg nan creag agus mi gle thoilichte. Shuidh mi air an fheur, saor o chunnart, agus far nach ruigeadh an fhairge orm.

Bha mi nis gu sabhailte air tir, agus thoisich mi ri sealltainn suas agus ri taing a thoirt do Dhia air son mar a shabhail e mo bheatha

dhomh, ged a bha mi beagan uine roimhe sud gun an dochas bu lugha agam gu 'm faighinn mo bheatha leam. Tha mi creidsinn gu 'm bheil e neo-chomasach cainnt a chur air an t-solas a th' air anam duine an uair a tha e, mar gu 'm b' eadh, air a shaoradh o 'n uaigh. Agus cha 'n 'eil an cleachdadh a tha 'measg dhaoine a' cur ioghnaidh orm, sin ri radh, an uair a tha fear-droch-bheirt ceangailte, agus tobha na croiche m' a amhaich, a' cluinntinn gu 'm bheil e gus a bheatha fhaotainn leis, gu 'm bheil lighiche air a thoirt 'na lathair agus fuil a thoirt as air eagal gu'm faigh e grad bhas leis an aoibhneas a bhios air; oir tha 'n t-aoibhneas a thig le cabhaig, a cur na h-inntinn troimh a cheile.

Bha mi coiseachd mu 'n cuairt a' chladaich agus a' togail mo lamhan, agus m' inntinn gu buileach air a lionadh le smaointean mu dheidhinn mar a shabhail Dia mo bheatha dhomh, agus mi 'g am ghluasad fhin ann am mìle doigh air nach urrainn domh cainnt a chur. Bha mi 'smaointean gu dluth air mo chompanaich a chaidh a bhathadh, agus nach robh anam air a shabhaladh ach mi-fhin. Cha 'n fhaca mi riamh iad 'na dheigh sid, no dad a bhuineadh dhaibh ach trì adachan, aon churrac, agus da leith-bhroig.

Bha mi 'toirt suil an taobh a bha 'n long, ach an uair a dh' eireadh na stuadhannan gle ard, agus a bhiodh sioban nan tonn gu tiugh, dumhail, cha 'n fhaicinn idir i. Agus bha mi 'g radh, "A Thighearna! cia mar a bha e comasach dhomhsa faotainn gu tir?"

An dheigh dhomh comhfhurtachd a thoirt do m' inntinn a thaobh mar a fhuair mi mo bheatha leam, thoisich mi ri amharc mu 'n cuairt orm feuch am faicinn ciod an t-aite anns an robh mi, agus ri smaointean ciod bu choir dhomh a dheanamh. Thuig mi ann an uine ghoirid nach robh mo chomhfhurtachd ach beag, agus gu 'n do chuir mo shaorsa o chumhachd na fairge mi ann an suidheachadh eagallach. Bha mi fliuch, agus cha robh aodach tioram agam a chuirinn umam; cha robh dad agam a dh' ithinn no dh' olainn, agus cha robh mi 'faicinn gu 'n robh romham ach basachadh leis an acras, air neo bhith air m' itheadh le fiadh-bheathaichean. Agus, rud a bha cur doilghios mor orm, cha robh arm sam bith agam leis am marbhainn creutair sam bith gus mi-fhin a chumail beo, no gus mi-fhin a dhion o chreutair sam bith a dh' fheuchadh ri m' itheadh. A dh' aon fhacal, cha robh dad agam ach sgian, piob-thombaca, agus beagan tombaca ann am bocsa beag. B' e so na bh' agam ris an t-saoghal gus mo chumail beo, agus car uine bha mi 'ruith mu 'n cuairt mar gu 'm biodh duine a bhiodh air a' chaoch.

An uair a thoisich an oidhche ri tighinn, bha mo chridhe gle throm, agus thoisich mi ri amharc air son aite anns an cuirinn seachad an oidhche, agus bha mi 'smaointean air an staid anns am bithinn ma bha beathaichean fiadhaich anns an duthaich, air dhomh fios a bhith agam, gur e an gnaths a bhith 'siubhal mu 'n cuairt air an oidhche feuch ciod a gheibh iad ri itheadh.

CAIB. XIII.

AN uair a bha mi anns an staid so, agus gun fhios agam c'aite am b' fhearr dhomh an oidhche a chur seachad, smaoinich mi nach robh aite

bu shabhailte dhomh a roghnachadh na craobh mhor, ard air an robh moran mheanglan a bha dluth dhomh. Bha 'chraobh so coltach ri craobh ghiuthais, agus bha i lan de dhrisean. Chuir mi romham gu 'n suidhinn anns a' chraoibh so gus an tigeadh a' mhadainn, agus gu 'n smaoinichinn an ath latha air ciod an doigh bais a gheibhinn; oir cha robh e coltach gu 'm b' urrainn domh a bhith fada beo. Choisich mi mu dha cheud slat o 'n chladach feuch am faighinn uisge ri ol, agus bha mi gle thoilichte an uair a fhuair mi deoch de dh' uisge glan blasda.

An uair a dh' ol mi deoch chuir mi greim tombaca 'nam bheul gus an t-acras a chumail dhìom. Chaidh mi suas do 'n chraoibh, agus dh' fheuch mi ri mi-fhin a chur ann an doigh nach tuitinn ged a thigeadh an cadal orm. Ach mu 'n deach-

[TD 141]

[Vol. 12. No. 18. p. 5]

aidh mi suas do 'n chraoibh ghearr mi cuaile math cutach de bhata gus a bhith agam 'g am dhion fhin nan tigeadh creutair sam bith a chuireadh dragh orm.

Cha robh mi fada 'nam shuidhe anns a chraobh an uair a thuit mi ann an cadal trom, oir bha mi anabarrach claidhte. Chaidil mi, tha mi 'creidsinn, cho comhfhurtaile 's a dheanadh neach sam bith a bhiodh anns an t-suidheachadh 's an robh mi, agus thug an cadal so neart agus urachadh mor dhomh.

An uair a dhuisc mi bha 'n latha geal ann. Bha 'n iarmailt soilleir, agus bha 'n stoirm air stad; agus mar sin cha robh gluasad mor sam bith air an fhairge. Ach b' e an rud a chuir ioghnadh gle mhor orm, gu 'n do thog an lionadh an long feadh na h-oidhche as an aite anns an robh i, agus gu 'n d' thainig i cho faisge air tir 's a bha a' chreag, mar a dh' ainmich mi mar tha, air 'n do bhuaile an stuadh mi 'm feasgar roimhe sid. Bha mi mu mhìle o thir, agus i 'na suidhe gu comhnard. Bha mi gu mor a' miannachadh a bhith air bord innte feuch am faighinn rudeigin a dh' ithinn, no a bhiodh feumail dhomh.

An uair a thainig mi 'nuas as a' chraoibh, bha mi 'g amharc mu 'n cuairt dhomh a rithist, agus b' e am bata a' cheud rud do 'n d' thug mi an aire. Bha i na laidhe am braighe a' chladaich far an d' fhag a' ghaoth agus am fairge i, mu dha mhìle air mo laimh dheis.

Choisich mi gus a dhol far an robh i, ach fhuair mi gu 'n robh linne dhomhainn mu leith mhìle air leud eadar mi 's i. Thill mi air ais, oir bha mi na bu deonaiche faotainn thun na luinge far an robh mi ann an dochas gu 'm faighinn rud a chumadh beo mi.

Beagan an deigh mheadhain iatha bha 'm muir gle bhalbh, agus bha 'n lan air a dhol am mach cho fada 's gu 'm faighinn a dhol cho dluth ri cairteal a' mhìle do 'n luing. Anns an am dh' uraich mo bhron gu mor, oir bha e soilleir gu leor dhomh gu 'n robh sinn uile air a

bhith sabhailte nan d' fhan sinn air bord anns an luing, agus gu 'm faodamaid faighinn gu tir. Nan do thachair so, cha robh mi cho eiseil 's cho aonaranach 's a bha mi.

Thoisich mi ri sileadh nan deur; ach o nach robh so gu feum sam bith a dheanamh dhomh, chuir mi romham gu 'n rachainn do 'n luing nam b' urrainn domh. O 'n a bha 'n t-side anabarrach teith, chuir mi dhìom pairt dhe mo chuid aodaich, agus chaidh mi air an t-snamh. Ach an uair a rainig mi an long, cha robh mi 'faicinn gu 'n robh doigh agam air faighinn gu bord innte. Bha i na laidhe air a' ghrund, agus bha i gu math ard os cionn na mara, agus cha d' thug mi an aire do rud sam bith air an deanainn greim.

Shnamh mi da thurus timchioll oirre, ach thug mi an aire an darna turus do ropa a bha 'n crochadh ris a ghualainn aice, agus chuir e ioghnadh orm nach fhaca mi e air a' cheud turus. A dh' olc no dh' eiginn gu'n d' fhuair mi rinn mi greim air; agus fhuair mi air bord.

An uair a sheall mi sios do 'n toil-thoisich, chunnaic mi gu 'n robh e lan uisge; oir thainig bulg air an toiseach aice. Bha i na laidhe air banca cruaidh gainmhich, agus bha a toiseach gu math na b' isle na a deireadh; agus air an aobhar sin bha h-uile dad a bha 'na deireadh tioram gu leor.

Mar a dh' fhaodar a bhith cinnteach, b' e cheud obair a rinn mi sealltainn feuch am faicinn ciod a bh' air a mhilleadh agus ciod nach robh. Chunnaic mi gu 'n robh na bha de bhiadh air bord sabhailte gu leor, agus o 'n a bha mi gle fheumach air biadh, chaidh mi do sheomar an arain agus lion mi mo phocaidean le brioscaidean. Agus bha mi 'g an itheadh fhad 's a bha mi aig obair eile; oir cha robh uine agam ri chall.

Fhuair mi ruma anns a' chabin, agus dh' ol mi drama math dheth; agus bha feum mor agam air gu spreochain a chur annam air son na h-obrach a bha romham ri deanamh. A nis, cha robh dad a dhith orm ach bata gus iomadh rud fhaotainn a bha mi 'faicinn a bhiodh gle fheumail dhomh. Cha robh ann dhomh ach gnothach amaideach suidhe an sid 'nam thamh, agus a bhith miannachadh rud a bhith agam nach b' urrainn domh faighinn. Chuir so gu smaointean mi feuch ciod a rachadh agam air a dheanamh.

Bha slatan-siuil againn an gleidheadh air bord gun fhios nach cuireamaid feum orra, agus a dha no tri de chabair mhora, agus a dha no tri de chroinn-arda air bord mar an ceudna. Chuir mi romham gu 'm feuchainn ri rath a dheanamh leotha so. Cheangail mi ropa ris gach fear dhiubh air eagal gu 'm falbhadh iad an uair a chuirinn leis a' chliathaich iad. An uair a chuir mi 'mach thar na cliathaich a h-uile fear dhiubh a b' urrainn domh a thogail, chaidh mi-fhin sios thar na cliathaich, agus cheangail mi a' cheithir dhiubh cho teann 's a b' urrainn domh ri cheile aig na cinn, agus cheangail mi a' dha no tri de plancannan goirid tarsuinn orra. Ged a chumadh so mi-fhin an uachdar math gu leor, gidheadh cha chumadh e an uachdar cudam mor sam bith eile, o 'n a bha na plancannan ro thana. Thoisich mi an sin ri gearradh nan crann-arda 'nan tri piosan, agus an deigh moran

saoithreach a ghabhail, chuir mi ris an rath iad; ach bha leithid de thoil agam greim fhaotainn air gach ni a bhiodh feumail dhomh 's gu 'n do ghabh mi misneach gus barrachd a ghabhail as laimh air na bhithinn comasach a dheanamh aig am eile.

Bha 'n rath a nis laidir gu leor gus cudam reusanta sam bith a ghiulan. B' e an ath rud a bha 'cur curaim orm ciod a chuirinn air, agus cia mar a bheirinn sabhailte gu tir e. Ach cha robh mi fada ann an teagamh mu 'n ghnathach. An toiseach chuir mi a h-uile planca agus bord a gheibhinn air a mhuin, agus smaoinich mi an sin air ciod a b' fhearr dhomh a thoirt leam. Fhuair mi tri de chisteachan nan seoladairean. Dh fhosgail mi iad, agus an uair a thug mi asda na bh' annta, chuir mi air an rath iad. Lion mi te dhiubh le biadh sin ri radh: aran, rise, tri mulchagan caise, coig cheathrannan de dh' fheoil gobhar air a tiormachadh—an fheoil a bhiodh againn mar bu trice, agus am beagan a bha gun chosg dhe 'n ghran a dh' fhas anns an Roinn-Eorpa: bha e againn gus an eunlaith a bh' air bord againn a bheathachadh, ach bha 'n eunlaith air am marbhadh. Bha gran eorna agus gran cruithneachd againn air bord mar an ceudna, ach bha mi air mo mealladh gu mor an uair a chunnaic mi gu 'n do chuir na rodain o fheum e.

Fhuair mi deoch air bord mar an ceudna: caochladh sheorsachan, agus bha mu shia gallainn ann gu leir. Chuir mi iad so ann an aite air leith; cha robh aobhar dhomh an cur anns na cisteachan, agus, a bharrachd air sin, cha robh aite anns na cisteachan dhaibh.

Am feadh 's a bha mi ris an obair so thug mi an aire gu 'n robh an lionadh a' tighinn, ged a bha 'n t-side gle chiuin. Agus bha dorran gu leor orm an uair a thug mi an aire gu 'n robh mo chota 's mo shiosta-cot, agus mo leine a dh' fhag mi air an traigh, a' falbh leis an lionadh. O nach robh orm ach briogais de lion, agus i fosgailte aig a' ghluin, shnamh mi thun na luinge innte; agus bha mo stocainean umam mar an ceudna.

Ach chuir so mi a rannsachadh air son aodaich. Fhuair mi aodach gu leor, ach cha d' thug mi leam ach na bha feumail dhomh anns an am; oir bha iomadh rud eile ann a bha toil agam a thoirt gu tir, mar a bha iomadh seors' acfhuinn a bhiodh feumail dhomh gus a bhith 'g obair air tir. Agus bha mi greis math a' rannsachadh mu 'n do thachair cist-acfhuinn an t-saoir orm. Bha a' chiste so anabarrach feumail dhomh, na b' fheumaile na luchd na luinge de 'n or ged a bhiodh e agam anns an am. Fhuair mi a' chiste so a chur air an rath mar a bha i. Cha do ghabh mi de dhragh na dh' fhosgail i, oir bha beachd math agam air ciod a bh' innte.

B' e an ath rud a bha toil agam a thoirt leam, airm agus fudar is luaidhe. Bha da ghuna-eunaich mhatha anns a' chabin, agus da dhaga. Thug mi leam iad so an toiseach, maille ri adhaircean-fudair, agus poca beag lan de fhras luaidhe, agus da sheana chlaidheamh meirgeach. Bha fhios agam gu 'n robh tri bairillean fudair air bord, ach cha robh fhios agam c'aite an do cuir an gunnair iad. Ach an uair a bha mi greis mhath a' rannsachadh air an son, fhuair mi iad. Bha dha dhiubh tioram agus math gu leor, ach rainig an t-uisge air

an treas fear dhiubh.

Chuir mi na dha a bha tioram air an rath, maille ris na gunnachan. Agus o 'n a bha mi 'smaointean gu 'n robh gu leor agam air an rath, thoisich mi ri smaointean cia mar a gheibhinn gu tir leis. Cha robh seol no ramh, no stiuir agam, agus chuireadh aon oiteag ghaoithe an rath thairis.

[Dealbh]

"THUG A' BHUILLE M' ANAIL UAM."

[TD 142]

[Vol. 12. No. 18. p. 6]

Bha tri nithean ann a bha 'toirt misneach dhomh. An toiseach, bha 'n t-side ciuin agus am muir lom; a rithist, bha 'n lionadh ag eirigh gu math agus bheireadh e thun a' chladaich mi; agus anns an treas aite, am beagan gaoithe a bh' ann, bha i seideadh thun an fhearainn. Air do 'n chuis a bhith mar so, agus air dhomh a dha no tri de raimh bhriste fhaotainn a bhuineadh do 'n bhata, agus da shabh, agus tuadh, agus ord fhaotainn a bharrachd air na bh' anns a' chist-acfhuinn a bhuineadh do 'n t-saor, thug mi m' aghaidh air tir.

Bha mi 'faotainn air aghart gle mhath fad a' cheud mhile dhe 'n astar, ach thug mi an aire gu 'n robh an rath beag air bheag air a tharruinn mu thuath seachad air an aite anns an deachaidh mi air tir an toiseach. Thuig mi gu 'n robh an sruth 'g a tharruinn, agus air an aobhar sin bha dochas agam gu 'm faighinn a steach do bhagh beag, no do bhun aimhne, a bhiodh freagarrach gus an luchd a bh' agam air an rath a chur gu sabhailte air tir.

(Ri leantuinn.)

AM SEANGAN.

LE DOMHNULL MAC EACHARN, AN DUNEIDEANN.

DH' iarr bean-an-taighe orm an là roimhe, rud-eigin a dheanamh air a son. Thuirt mi nach deanadh, gu'n robh droch ghréim de 'n lònidh 'am dhruim. "Droch ghréim de'n leisg," ars ise; "ma tha lònidh 'ad dhruim, cha'n ann leis na tha thu 'deanamh de dh'obair." "Gu freasdalach dhuitse," arsa mise, "cha 'n 'eil de chnaimh droma agad na's urrainn do'n lònidh greim a dheanamh air." Tha ise goirid 's an druim ach cha mhath leatha sin aideachadh. An déigh dhomh giorrad a droma thilgeil oirre, smaointich mi gu'm b' fhearr dhomh ceàrn eile de'n tigh a thoirt orm. Tha cùileag bheag sheòmair aig mullach an tighe anns am bi mi 'gabhail fasnach o'n stoirm, 'nuair a chi mi 'n deargan-doirinn 'san airde 'n ear. Tha mòran treallaich air bheag feum 'san t-seòmair so; seana bhrògan, seana phìoban, seana sporan air itheadh aig na leòmainn, ceann féidh no dhà, adharc neo-chumanta a cheannaich mi bho ablach cèaird, (chuir an slaughtire mar

fhiachaibh orm gur adharc càmhail a bh' ann) earr-theine, eòlas an déididh, 's goireasan beaga mar sin. Am measg a chòrr, tha seana bhroineagan leabhraichean a chaidh a thilgeadh as an rathad, 's a thug mise leam do 'm gharadh. Tha mi 'm beachd gu 'm bheil cuideachd no dhà a's miosa na cuideachd deagh leabhair, biodh e sean no ùr. Thog mi 'cheud fhear dhiubh a thainig gu'm laimh, 's leugh mi aig fosgladh an leabhair na briathran a leanas:-

"Eirich a lunndaire gu grad,
'S thoir ort an seangan beag gun stad," &c.

An saoil sibh nach do chuir so amhluadh nach bu bheag orm. Bha seòrsa de chomh-chòrdadh eadar suim nam briathra so agus am beum bearraideach a fhuair mi o bhean-an-tighe beagan mhionaidean roimhe. Feumaidh mi aideachadh gu'n do chuir an ni athadh orm. Chuir mi seachad an leabhar ag radh rium-fein nach robh e ceart dhomh gun bheagan cuideachaidh a dheanamh leis a' chreutair bhochd 's i 'ga sàrachadh. Bha mi tilleadh air m' ais anns an rùn so 'nuair a chuala mi na fuirm 's na cathraichean a' gearradh leum feadh an tighe mar gu'm biodh iad a' dannsadh righle Thullachain! Thuig mi nach robh feum dol na b' fhaide 'san àm. Chunnaic mi Yarrow-'S e sin ainm a' choin-a' spaisdireachd sa ghàrradh 's e 'cumail sùil bhiorach air cearcan nan coimhearsnach. Sméid mi air, 's thainig e 'na ruith 's 'na leum. Chuir mi cagar 'na chluais mu'n stoirm a bha 'n ceann eile 'n tighe, 's dh' earalaich mi air gu'n smid a ràdh ach sèapadh a mach gun uidhir agus beannachd fhàgail aig bean-an-tighe. 'Nuair a fhuair sinn á sealladh an tighe, smaointich mi-féin air gach ni a thachair agus air comhairle 'n Duine Ghlic; ach cha robh e soilleir dhomh ciod a bha ceàrr, no c'arson a rachainn thun an t-seangain seach creutair 'sam bith. "An seangan!" arse mise rium féin, "creutair cho aingidh agus cho puinseanta 's a 's aithne dhomh idir!" Gu dearbh, na 'n deach iarraidh orm bean-an-tighe 'chur g'a ionnsuidh, cha chuireadh e na h-uidhir a dh' iongantas orm! Ach tha amharus agam nach deach an Duine Glic e-féin thun an t-seangain, air-neo cha bhiodh e cho deas a sheòladh muinntir eile 'na rathad, 's gu sonraichte cha d' thugadh e a leithid so a theistean da,-

"Fa chomhair geamhraidh ni e deas,
A' cuimhneachadh gun tàmh a leas;
'S an t-samhradh trusaidh e a lòn;
'S an fhoghar iomlan tha a stòr."

Cha truis esan lòn 's cha chruinnich e stòr fa chomhair a' gheamhraidh; cha'n 'eil feum aig' air. Tha e 'cadal fad a' gheamhraidh, 's ged a chaidleadh e fad an t-samhraidh, seadh, 's fad an fhoghair 'na dhéigh sin, so am fear nach cuireadh ionndrainn air. Theagamh nach e so an spiorad 'san robh mi aig an àm, 's tha mi a' cur sìos gach ni mar a thachair e.

Thachair ni eile a chuir uidhir iongantais orm ris a' chòrr. Ged a chuir mi romham nach rachainn thun an t-seangain-co-dhiu air an turus so, thuit e 'mach gu'n robh mi 'dol g'a ionnsuidh, 'cheart cho dìreach 's a bheireadh mo chasan mi. 'Nuair a fhuair Yarrow 's mi-féin a mach as a' bhaile, ghabh sinn an rathad a tha 'dol mu'n

cuairt bonn nan creagan corrach sin ris an abair iad <eng>Salisbury Crags.<gai> Tha mi glé eòlach air na creagan sin; 's ioma spealg a chuir mi asda le òrd beag a bhios mi 'giùlan 'am phòca, 'nuair a ghabhas mi 'm cheann teicheadh o'n tigh, mar a thachaireas air uairibh. 'Nuair a dh' fhàg sinn na creagan so 'nar déigh, thug mi fainear clach mhòr chruinn air aodann a' bhruthaich os ceann an rathaid. Thug mi ceum a leth-taobh dh' fheuch ciod a bh' aig a' chloich so r' a ràdh air a son féin. Shuidh mi sìos r'a taobh 's luidh Yarrow air torran beag uaine air mo chùlaibh. Bha mi greis a' ceasnachadh na cloiche, a' farraid a h-aoise, cò as a thàinig i, c'àit an robh i dol, 's co a sgròb a h-aodann, 'nuair a leum Yarrow air a bhonn le sgal ghointe. Rug e air leas-deiridh air féin 's thug e greis air a cagnadh. Thug e an ath sgiamh as; chuir e car dheth air a' ghrund, 's thoisich e, a reir coltais, air e féin fheannadh. Chuir an gnothach a leithid de ghiorag orm 's nach b' urrainn domh greim a dheanamh air facal freagarrach a thilginn air, 's bho nach b' urrainn, thilg mi 'n t-òrd air. Bha mi 'trusadh mo chasan r'a chéile, 's mi an ioma-chomhairle co-dhiu a theichinn le'm bheatha, no dh' fheuchainn ri ciall a chur air a' chù, 'nuair a fhuair mi sàthadh an caol na coise, 's mu'n d' fhuair mi amharc ciod a bh' ann, bha sàthadh eile 'm bac na h-easgaid agam, a thug orm leum cho beòthail 's ged nach biodh lònidh 'san aon sgìreachd rium. Thug mi sùil le leathad 's faicear mo bhrigisean còmhdach le seangain. Tha mi glé ealamh 'am dhoigh 'nuair a bhios feum air. Ann am prioba na sùl leum mi as a' bhrigis, 's bha mi g'a slachdadh ri aodann na cloiche, 'nuair a thug Yarrow fainear an cor 'san robh mi. Shaoil a' bhrùid bhochd gu 'n do chaill mi gu buileach am beagan céill a bh' agam. Thug e aona bhurrall tiamhaidh as is theich e. Thuit e mach gu'n robh bean-uasal stràiceil, le sgàileag-ghréine 'na laimh, a' tighinn mu'n cuairt sròn na creige air an rathad a ghabh Yarrow. Chunnaic i 'tighinn e 'na dhian ruith; coltas fiadhaich air; cobhar mu 'bheul, 's e toirt tiolam air féin an dràs 's a rithisd. Thuig i 'sa mhionaid gu'n robh e air a' chuthach. Thòisich an amaid air sguidseadh an athair le a sgàileig, 's air tìlgadh chlach air a' chù. Thàinig gach gnothach a bh' ann cho obann air a' chù bhochd 's nach robh iongantais ged a chaidh e car 'na bhreislich 's nach robh e soilleir dha ciod a bu chòir dha 'dheanamh. Na seangain 'ga léireadh; a mhaighstir, ann an staid nàduir, as a dhéigh leis an òrd, 's am boirionnach so a nis a' dol g'a chlachadh gu bàs. Smaointich e gu'n robh an t-àm air teachd anns an robh e ceadaichte dha e féin a dhion mar a b' fheàrr a dh' fhaodadh e; leis a sin, thug e cruinn-leum a dh' ionnsuidh na sgàileig. Bha mise 'glaodhach ris roimhe so, ach 'nuair a chunnaic mi e' toirt ionnsuidh air a' mhnaoi-uasail, thug mi raoic asam cho cruaidh 's ged a thigeadh e a sgòrnan aon de na tairbh ainmeil sin a bha aon-uair 'am Bàshan. Thug Yarrow sùil 's chunnaic e tighinn mi, gun bhoineid, gun phìor-bhuig; mo luirgnean ris na feannagan, 's mi 'crathadh mo bhrigisean 'sa ghaoith, mar gu'm bithinn a' togail na brataich air faich Ionbharlòchaidh. Chunnaic a' bhean-usual mi aig a' cheart àm, 's bu leòir an uidheam 'san robh mi 'thoirt làn dearbhadh dhi air mar bha' chùis. Cò-dhiù a gheàrr an cù an duine, no 'n duine 'n cù, cha b' fhios di; ach gu'n robh sinn le chéil air an dearg chuthach, cha robh teagamh 'sam bith aice. Rinn i mar a nì mnathan am bitheantas, 'na leithid a theinn. Thug i tiota beag a' sgreadail 's a' breabadh

a cas, 's an sin, thuit i ann am paiseanadh. Dhinn mise mo chasan 'sna brigisean 's ruith mi 'dheanamh còmhnaidh leatha, mar a b' fheàrr a b' urrainn domh. Chuir mi air a casan i, 's thòisich mi air mo leisgeul a ghabhail, 's air innseadh dhi mar thachair an tubaist dhuinn; 'nuair a thug am Mac-mallachd féin, no 'n seangan air a shon, sàthadh guineach dhomh ann an caol an droma. Thug so orm cruinn leum a ghearradh agus spadag a thoirt asam a chuir a leithid de gheilt oirre 's nach d' eisd i ri tuillidh de'm sgeul. Le luaths na h-earba 'na casan thug i 'm fireach m'a ceann 's dh' fhàg i mise 'm aonar a' tachas mo dhroma 's a' bruidhinn rium féin, 's a' toirt sùil mhì-chiatach, an dràs 's a' rithist air crannalach na sgàileig a dh' fhàg an amaid 'na déigh.

Stiùir mi mo chùrs dhachaidh, a' beachd-smuainteachadh air cho do-rannsachadh 's a tha slighe an Fhreasdail. Cò a shaoileadh gu'n tigeadh a leithid de dh' aimhreit an lorg ni cho suarach ri bean-an-taighe againne bhi air dhroch ghean an tùs an làtha? Ach faic ciod a thachair; mi féin agus mo chù neo-lochdach air ar sgiùrsadh le scorpionaidh. A' bhean-uasal sin nach fhaca, 's nach cuala riamh iomradh air a h-aon againn, air a cur ann an cunnart a beatha le h-eagal, as am faod i galar a bàis fhaotainn. Theagamh gu'n robh ise ciontach air dhòigh eile, 's nach robh annainne ach am meadhon an làimh an Fhreasdail air son a smachdachaidh; ach shaoilinn nach ruigte leas seangain a chur 'am bhrigis-se air a shon sin. 'S coma leam féin sean-fhacail; gu sònraichte an fheadhainn sin a dh' iarras orm dol a dh' fhòghlum gliocais o chreutairean puinseanta mar a tha na seangain.

Tha Pòl Cruger dlùth do'n bhàs. Tha e fuireach ann am Mentone, 'san Fhraing. Cha'n eil ach duin' ainneamh ga 'fhaicinn, agus cha dean e ach fìor bheagan còmhraidh ri neach sam bith. Chuir an cruaidh fhortan a thainig air an Africa mu dheas gu trioblaid-inntinn 's gu droch-shlàinte e, agus tha e ro choltach gu bheil a chuairt 'san t-saoghail so a teannadh gu crìch.

[TD 143]

[Vol. 12. No. 18. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>
FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-Os cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>
CORPAICHTH 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00

EARRAS PAIGHTE \$2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha BANCA-CAOMHNAIDH anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3½% 'sa bhliadhna.

Litir a Bail' an Iaruinn.

FHIR NA STIURACH,—Is fhad is cian o'n a bha dùil agam facal no dha a chur ugad. Cha 'n fhiosrach leam riamh fhathast aon litir fhaicinn 'sa MHAC-TALLA as an àite 'san d' fhuair e 'bhreth is 'arach; ach tha mi cinnteach gur iomadh caraid bhlàth-chridheach a th' aige ann air a shon sin. Ged is iomadh atharrachadh mor is math a thàinig air prìomh-bhaile Cheap Breatunn o'n a rugadh MAC-TALLA, is iomadh droch rud a thàinig na luib cuideachd ri linn gach atharrachadh a thainig air. Ach tha a' Ghàilig beò, slàn ann an Sidni; agus gu ma fada bhitheas ise mar sin.

Chuala mi ministear a' searmonachadh anns a' Ghàilig o chionn ghoirid-agus b'e sin an searmonaiche fìor chomasach-o'n cheann-teagasg: "An sin thug Iacob do Esau aran, agus brochan de ghall-pheasair; agus dh' ith e, agus dh' òl e, agus dh' éirich e, agus dh' fhalbh e roimhe: mar so rinn Esau dìmeas air a chòir-bhreithe." An nis, reic Esau ri Iacob a chòir-bhreith air son a shàth de bhrochan. Agus tha mi smaoineachadh gu bheil an earrann so dhe 'n Bhiobull a cheart cho firinneach a thaobh nithean aimsireil 's a tha e a thaobh nithean spioradail. Ciod eile tha na Gaidheil a tha cur cùl ris a' Ghàilig, agus a tha 'coimhead sìos oirre mar chànain gun fheum, ach a deanamh dìmeas air an còir-bhreith? Nach i a' Ghàilig-a' chànain a dh' ionnsuich an Gàidheal aig glùn a mhàthar-a chòir-bhreith? Cha 'n fhaca mi Gaidheal riamh, a b' fhiach Gaidheal a ràdh ris, nach robh measail air a' Ghàilig. Cùl mo laimhe ris a' Ghaidheal gun diù a tha 'n comhnuidh ag radh, gach uair a bhruidhneas tu ris mu 'n Ghàilig, gu bheil i air leabaidh a bàis; Gaidheal a dhùirigeadh, mar a thuirt fear roimhe, "a' Ghàilig a spadadh an cùl a chinn le aon bhuille." Ach bidh esan air cnàmh 'san ùir fada, fada mu 'n tig tuilg 'sa Ghàilig.

Tha eagal orm gu bheil na Gaidheil 's na bana-Ghaidheil ro phailt, gu h-àraidh 'sa bhaile-mhor, a tha ro dhéidheil air a' Ghàilig a dhi-chuimhneachadh-sgaomairean truagha aig nach 'eil làn gucaig a

dh' eanachainn, iadsan a' bruidhinn na Gàilig! mo nàire 's mo shìoladh! cha bhi, cha bhì!—feadhainn nach urrainn dusan facal Beurla a chur ri chéile mar bu chòir dhaibh.

Ach 's fhurasd' an aithneachadh le chéile—na gillean 's na h-igheannan—a tha 'cur cùl ris gach cleachdadh measail, cliùiteach a fhuair iad o na daoine còire o'n d' thàinig iad. Ma chi thu seotaire gille air ais 's air adhart sìos is suas an t-sràid gus am bheil e dlùthachadh ri meadhain-oidhche, le coileir geal suas gu 'chluasan, fàinne mór, buidhe air a lùdaig, rud ris an canar 'sa Bheurla <eng>cigarette<gai> 'na bheul, 's e leigeil am mach a' cheò troimh chuinneinean a shròine, a leigeil fhaicinn do 'n t-saoghal cho tapaidh 's a tha e—sin agadsa fear a “chail a' cheud ghreim” le cùl a chur ris a' Ghàilig. Cha b' ionnan 's a sheanair, an uair a bha e 'na ghill' òg, a choisicheadh astar dheich mìle no còrr le bucaid shuibheagan 'na laimh, 's e air a chasa-ris, agus a thilleadh a rithist feasgar gu sunndach, toilichte, gun ghuth air sgìos. Nach b' e an caol-fàth fear na <eng>cigarette<gai> an coimeas ri sheanair!

Ma chi thu maighdeann òg—ach a bha uaireiginn dhe 'n t-saoghal na b' òige—cho caol, fada ri slat-iasgaich, a cneas air a theannachadh cho dlùth le “cliabh-beag nan cnàmh” 's nach urrainn di barr-iall a bròig a' dhùnadh, a' coiseachd na sràide ri taobh an fhleasgaich a dh' ainmich mi, 's an aon chab-bruidhne aca le 'chéile, 's ged a bhiodh seachd teangannan na 'n cinn 's ann ag innseadh uile chàich a bhiodh iad—ise le sgùlan mór de dh' ada m'a ceann, a sròn ri adhar, oir fhuair i raglan (seòrsa de chòta fada) o'n fhear a tha ri 'gualainn. A' ghalaghad bhochd! is beag a chosg do sheanamhair dhe na cotaichean fasanta sin. Mar a thuirt am fear a rinn “Oran nam fasan”:-

“Ged a theannainn ri àireamh
Na h-uile fasan tha 'n dràs'd' ac',
Bho nach d' ionnsuich mi grammar,
Cha dean Gàilig a' chùis,
Air na h-ainmeanan neònach
A tha 'n diugh aig an òigridh
Air na h-éididhean bòidheach,
Tha ga 'n còmhdach as ùr.

Gu ma h-ànrach do mhuinntir òga 'n là an diugh. Tha an saoghal air a dhol bhuaithe. Ach bha là eil' ann.

Am bheil muinntir òga 'n là an diugh cho firinneach, dìleas, seasmhach ris na daoine o'n d' thainig iad? Saoilidh mi nach 'eil; no idir, idir (gu h-àraidh muinntir a' bhaile-mhóir) cho caoimhneil, càirdeil. Ach cha robh anns na seann daoine ach bumalairan! ud, cha robh. Air mo shon fhìn dheth, b' fhearr leam a bhith an comunn nan seann daoine uair sam bith na an comunn nan creutairean leibideach a tha cho siubhlach air feadh nam bailtean. Agus air son nam mnathan—cha 'n abair mi a' bheag-bha meas agam riamh orra. Ma leanas guanagan Gàidhealach an àite eisimpleir am màthraichean, cha 'n eagal daibh.

Ach tha 'n t-àm agam an litir so a' chriochnachadh. Na cuiribh m' ainm rithe idir; oir, ma chuireas, bheirear an ceann as an amhaich agam.

BIORACHAN BEAG.

An là mu dheireadh dhe 'n Fhaoileach.

Laoidh.

Air d' uile thròcair, O mo Dhia,
Trath dhearcas mi gu dlùth,
A' mosgladh suas tha m' anam blàth,
Le h-ioghnadh, gràdh, is cliù.

Cha'n urrainn domh le briathran beòil
An taing a chur an céill
'Tha 'lasadh ann am chridhe stigh,
Ach dhuits' an sin is léir.

Do fhreasdal chum mo bheatha beò,
Gun uireasbhuidh gun dìth,
Ri àm domh bhith 's a' bhroinn am thosd,
'S an crochadh ris a' chìch.

Ri m' ghearan is ri m' osnaidh mhaoth',
Chrom thu gu caomh do chluas;
'S mu 'm b' urrainn domh aon ùrnaigh dhealbh,
Do 'n bhalbh ghabh thusa truas.

Tiodhlacan lionmhor dheonaich d' iochd
Gu tric do m' anam maoth,
Mu 'n d' thug mi riamh fainear co 'n ti
Thug seachad iad gu caoin.

Trath ruith mi dian, gun mhothachadh,
An ceuman sleamhain òig',
Do làmh, nach facas, dhìon, is stiùir,
Is chum, gu so, mi beò.

Bho iomadh sloc do-léirsinn leam,
Bho rib is eangach bàis,
'S o bhuaireadh cealgach, blasd', an uilc,
Thug thu mi tèaraint', slàn.

Trath shearg mo ghruaidh fo anshocair,
Rinn thus' i nuadh le slàint';
'S 'nuair bha mi bàitht' am peacadh 's bròn,
Do m' anam dheònaich gràs.

Shruth mile sochair shaoghalta
Bho d' laimh ro fhaoilidh, chaoin;
Is ann an caraid dileas, dlùth,
Dhùblaich thu m' uile mhaoin.

Deich mìle mìle comharr' gràidh,
Fhuair mi o m' Dhia gach là,
Is cridhe ait a mhealas iad,
Le buidheachas, a ghnàth.

Am fad 's is beò mi molaidh mi
Ard-Rìgh mo bheatha 's m' iùl;
'S an déigh mo bhàis, an saoghal céin,
Cuiridh mi 'n céill a chliù.

Trath theirgeas nèamh, is muir, is tìr,
'S 'thig crìoch air là is oidhch',
Mo chridhe taingeil seinnidh cliù
Do Dhia nan dùl a chaoidh.

Feadh linn-tean bith-bhuantachd gu léir,
Togaidh mi òran binn;
Ach O 's ro ghoirid bith-bhuantachd
Gu moladh Dhé a sheinn.

Iadsan a Phaidh.

Ailein Camaran, Abhainn Dhennis
I D Mac Fhionnlaidh, <eng>Whitney Pier<gai>
Mairi Cheanadach, Alba 'n Iar
Iain Mathanach, <eng>Carribou Marsh<gai>
Mairi Nic Gilleain, Gabarus
Seumas Mac Aoidh, <eng>Sydney Mines<gai>
Tormoid M Mac Leoid, Sgir Dhubh
Raonailt Mhoireasdan, Taobh an Loch
Bean Iain Dhomhnullaich, <eng>Glace Bay<gai>
Iain I Mac Fhionghain, <eng>Glace Bay<gai>
Domhnull Mathanach, <eng>Glace Bay<gai>
Iain Moireasdan, an Gut a deas
Bean Neill Mhic Leoid, Iubilee
A D Mac Cuthais, <eng>Salem Road<gai>
Uisdean Mac Leòid, <eng>Six Mile Brook, N. S.<gai>
Iain A Mac Gillebhràth, Dùn-glas N. S.
Donn. Mac Griogair, Abhainn a Deas, N. S.
Iain Ceanadach, Earraghàidheal, N. S.
Iain E Domhnullach, <eng>St George's, . . E.P.I.<gai>
Domhnull Mac Calumain, <eng>Kinross, E.P.I.<gai>
Calum Caimbeal, <eng>Kinross, E.P.I.<gai>
Iain I Mac-a-Phi, Abhainn Mhoraidh, E.P.I.
Aonghas Domhnullach, <eng>Shamrock, E.P.I.<gai>
An t-Urr Seumas Phelan, Iona, E.P.I.
Domhnull Mac Laomuinn, Bail'-an-tobair
An t-Urr G I Mac Gillfhaollain, Ch'town
Niall Bàn Mac Coinnich, <eng>Lucknow, . . Ont.<gai>
R I Domhnullach, <eng>Bridge End, Ont.<gai>
Calum Mac-an-Léigh, <eng>Duntroon, Ont.<gai>
Bean M Mhic-Gilleathain, <eng>Ailsa Craig, Ont.<gai>

Domhnull Mac-Gilleathain, McLennan, Ont.
Iain Mac Gillfhinnein, Desbarats, Ont.
Bean A Mhic-a-Bhiocair, <eng>Teeswater, Ont.<gai>
Iain Mac Thearlaich, <eng>Ottawa, Ont.<gai>
Padruig Cràbhart, <eng>Mitchell's Bay, Ont.<gai>
Barbara C Leitch, <eng>Lafontaine, Ont.<gai>
Iain Mac Calum, <eng>Walker's, Ont.<gai>
Iain Mac Cormaic, <eng>Earlswood, N. W. T.<gai>
A M Mac Dhomhuill, <eng>Vancouver, B. C.<gai>
Ruairidh Mac Coinnich, <eng>Duluth, Minn.<gai>
Calum Domhnullach, <eng>Duluth, Minn.<gai>
Uisdean Mac Aonghais, <eng>Boston, Mass.<gai>
Caitriona Nic Leoid, <eng>Boston, Mass.<gai>
Ceit Nic Cìtheagain, <eng>Boston, Mass.<gai>
Domhnull Domhnullach, <eng>Springfield, Mass.<gai>
Tormoid Mac Fhearghais, <eng>Brookline, Mass.<gai>
U A Mac Gillfhinnein, <eng>Somerville, Mass.<gai>
Iain D Mac Gilleathain, <eng>Avalon, Cala.<gai>
D I Mac Pharlain, <eng>San Francisco, Cala.<gai>
Iain N Beutan, <eng>Coupertino, Cala.<gai>
Bean Iain Mhic Gilleathain, <eng>Los Angeles.<gai>
Iain Mac Leoid, <eng>Milton, No. Dakota<gai>
Iain Domhnullach, <eng>Topeka, Kansas<gai>
Niall Mac-a-Phi, Tobaronachaidh, . . Alba.
Iain MacRath, Fear-lagha, Innirfeorain, Alba
Domhnull Mac Coinnich, Glascho, Alba
Rob Turnbull, <eng>Brewarina, Australia<gai>
Alasdair A Mac Rath, <eng>Winton, N. Z.<gai>

Sgaoil pàrlamaid Nobha Scotia feasgar Dior-daoin, an deigh dhi bhi cruinn naodh seachduinean is tri latha. Chaidh 271 <eng>bill<gai> a thoirt fa comhair 'sa dheanamh na lagh.

Is lom gualann gun bhràthair, is lom, fardach gun phiuthar.

Is laidir luchag fo cruaidh fheoir.

[TD 144]

[Vol. 12. No. 18. p. 8]

Amhairc an So!
'san ath aireamh airson
SANAS UR
bho
<eng>The Canadian Bank of Commerce
Sydney, C. B.
P. C. STEVENSON, MANAGER.<gai>

Tuireadh.

LE IAIN MAC LEOID, LL. D.

SEANN IAIN.

Oh, nach bochd gur e tuireadh
Ceol an t-saoghail so uile,
Osnaich is bron agus mulad
Fonn gach maduinn is oidhch'—
Fonn aig toirmrich na linne,
Fonn mactalla ga thilleadh—
Fonn nan eun 'nuair is binn' iad
Ann am badain na 'n coill'!
Cha'n 'eil aoibhneas gun bhròn ann,
Cha'n 'eil slàinte gun leòin ann,
Cha'n 'eil sonas na h-òige
Saor o acain is péin;
'S e mo bharaill gu 'n cluinn thu
O bheatha dhìomhair na doimhne
Osnaich is tuireadh na duibhre
Mar aon mharbhrann gu léir!

IAIN OG.

Ged nach 'eil moran beairteas
Anns a' bhaile 'n d' rugadh sinn,
No tighean mor ri fhaicinn
Air an càradh os ar cinn;
Gidheadh tha saors' is sonas ann
Bhi beò air tràigh Chulchinn,
Le beagan crodh is caoraich,
Agus sgadan anns na Glinn.

'S c'arson a bhios sinn muladach
Cur malaichean air spòrs,
Mar luchd-turuis aonarach
A dol troimh ghleann nan deòir;
Tha 'n saoghal mar a b' àbhaist dha,
Lan cridhealas na h-òig',
Ach thus' tha fàs cho muladach,
'S e 'n aois a rinn do chlo.

SEANN IAIN.

Tha mi cinnteach gu dearbh
Gu'm bheil an aois a toirt caochla' leath'
Air buadhan an anam gu léir,
Agus giulan gach creutair air leth;
Ach ma gheibh thu do sholus
'S a bheir dhut eolas air crìochan na beath',
'S ann dh' fheumas tu bàs do 'n an olc,
Agus éiridh as ùr air do bhreth.

IAIN OG.

Cha thuig mi sin, 's cha chreid mi e,
Oir 's ann tha 'n oige fàs
O bheath' gu beatha beothachadh,
'S cha 'n ann o bhàs gu bàs;
Mar sin tha 'n aois a meudachadh
Na buadhan is fhearr:
Sìth, creideamh, stuaim, is caomhalas,
Am fàs o ghràs gu gràs.

SEANN IAIN.

Tha mi toilicht' a chluinntinn
Gu 'm bheil do thuigse 's do thùr cho sèimh,
Mar bha 'n t-oganach maiseach
Nach ro fada o rioghachd Nèimh;
Is ma dh' fhaoidte gu 'm fàs thu
Ann an gliocas is fàbhar Dhé,
Gu'n do dhearbhadh 's an fhàsach
Le spiorad na h-àicheadh 's na fàidhean breug.

Ach ann an diomhaireachd Freasdail,
'S ann an deiligeadh Dhé ri sluagh,
'S e chuid bu dlùith ann an daimh ris
Bha na'n coigrich agus luchd-cuairt;
'S iad bu tric bha 's an amhuinn
A rinn an saoghal a lasadh le fuath,
Gus na dh' ionnsaich iad fhoghlum
Gur h-ann tha 'n dachaidh 's na nèamhan shuas.

Culkein, Assaint.

Oran a Moladh Otago, New Zealand.

LE ALASDAIR A. MAC RATH.

Air fonn:—"Mo rùn geal, dìleas."

Tha 'n samhradh cùbhraidh a' teachd gu dlùth oirnn,
'Cur dreach as ùr air gach lùb is gleann,
Gach raon is cluain 'dol nan éideadh uaine,
Gu bòidheach, snuadh-mhor, gun ghruaim, gun mheang.

'S a mhaduinn shiobhalt', 's a' ghrian ag éirigh,
'Crathadh eibhneas air eudainn thom,
'Cur neart is spéirid an luibhean ceutach,
Is anail speuran a' séideadh mall.

'S gur h-e Otago am fearann prìseil,
Le cruithneachd finealt' 's e 'cinntinn ann,
Coirce 's gràinnseach gu torach, làn-mhor,
Is pòr gun àireamh a' fàs air t' fhonn.

Gur bòidheach, uallach a' dìreadh suas iad,
Na treudan luaineach ri d' chruach-bheann àrd,
Do chaoraich lionmhor le 'n olainn sgiamhach,
'S na h-uain a' dian-chleas ri grian fo sgàil.

Tha 'n crodh cho uaibhreach cha teid do bhuaile,
Cha d' chleachd iad buarach no gruagach dhonn:
Ach marcaich' shiubhlach ga 'n ruith gu lùthmhor,
Ga 'n toirt gu dùlan air stùc nam beann.

Do ghlaicean fàsail is cùbhraidh' fàile,
Is eoin gun àireamh a' tàmhachd annt',
'S gur binn' ri éisdeachd na ceol nan teudan
An co-sheirm éibhinn air feadh nan crann.

Mactalla claidhinn 's na cnocan àrda
An ceolraidh àghmhor is àillidh fonn;
'S a *chearcag Mhaori le fead ga 'dùsgadh,
Is nead an † Tùì an dlùths nam meang.

Do chreagan corrach le 'n stacan garbhlaich,
'S gach gnè stuth talmhaidh air roinn a'd' chòir;
Do ghrinneal cruadhach gu mèineach, luachmhor,
Le éiteag chruaidh-gheal làn spuaicean òr.

Na sruthain fìor-uisge tighinn bho d' stùc-bheann,
A' ruith gu siùbhach na 'n lùban cam,
Gu carach, cuairteach, a' snàmh gu luaineach
A dh' ionnsuaidh cuaintean is ualidh tonn.

* Cearcag Mhaori. The Maori hen. Eun gun sgiathan a' bhuineas do New Zealand.

† Tui. An t-eun is binne 's is bòidhche tha 'n New Zealand.

Posadh.

Ann an Creignish, ann an siorrachd Inbhirnis, àir an t-siathamh
latha deug de Februaridh, leis an Urr. Gilleasbuig Siosal, Raonull
Mac-a-Mhaighstir a mhuinntir <eng>Long Point<gai> ri Mairi
Dhomhnullach a mhuinntir Essex. Bha am meas mor a bha orra le chéile
air a dhearbhadh leis na gibhtean fiachail a fhuair iad. A h-uile
latha sona dhaibh 's gun latha idir dona dhaibh.-Com.

ANNS AN STOR UR

LE STOC MOR DE DH

Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula

ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE

air Sraid Shearlot.

<eng>K. Bezanson, <gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

Tha sinn

A CREIC A MACH AR STOC IOMLAN
de dh'
Airneis 's de Bhrait-Urlair
air na chosd iad.
<eng>Gordon & Keith,
A. T. Grant, Manager<gai>
350 Sraid Shearlot, Sidni, C. B.

<eng>Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na
treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a.
m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m.,
'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

[Dealbh]

A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa
fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-
uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an
so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air
an <eng>Telephone No. 62.<gai>

Sidni, Feb. 8, '01.

A. J. BEUTAN.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a
cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh'
iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.

M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glaskan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

Mac-Talla.
Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.
Bliadhna, \$1.00
Tri Miosan, .30
Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchd gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26, no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air a seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 145]

[Vol. 12. No. 19. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, AM MART 18, 1904. No. 19.

Litir a San Francisco.

FHIR DEASACHAIDH:—'S fhad o'n da latha anns an d' rinn mi suas m' inntinn gu sgrìobhainn ugad uair no uaireiginn, ach, bho nach do leugh mi facal Gàilig riamh gus na thòisich mi ri gabhail do dheagh phaipeir, cha 'n 'eil mi air an sgrìobhadh ach coltach ri bodach crùbach air na "skates." Cha mhò tha mòran cothrom agam air Gàilig a bhruidhinn. An drasda 's a rithist tachraidh mi-fhin is Domhnull Mac Phàrlain (mac Iain Mhòir o Bhaddec, agus Gaidheal gu 'chùl) air a chéile, agus sin an uair a chluinneas luchd na Beurla a chànain cheòlmhor, bhinn, nach bàsaich gu latha luan; 'se sin, ma bhios sliochd ar sinnsear cho dìleas dhi 's a's coir dhaibh.

Tha seana-ghille a tuath air a so a tha dlùth chàirdeach dhomh: Uilleam Mac Iain, is Iain Gobha, o'n d'fhuair mi litir Ghailig an lath' roimhe, a chuireas mi g' ad ionnsaidh gus a leughadh do d' chuid leughadairean, cleachdadh bu choir a bhith aca, ma tha iad airson an cainnt bhlàsda a chumail suas.

Tha anns a bhaile-mhor so faisg air 400,000 pearsa as gach dùthaich fo'n ghréin. Tha mi bho chinn dusan bliadhna fuireach faisg air Bealach an Oir, <eng>(Golden Gate);<gai> ach cha 'n eil uiread de dh' or agam 's bha agam an uair a bha mi fuireach ann a Hogamah.

Cuir g'am ionnsaidh beagan àireamhan de MHAC-TALLA gus an leig mi fhaicinn iad do luchd na Gàilig a bhios a tachairt orm corr uair. Tha mòran ann so a mhuinntir Eilein a' Phrionnsa, agus iomadh neach bho Cheap Breatuinn àlainn. Gach bliadhna tha mi cur mo MHAC-TALLA fhin 'na leabhar, agus ga chodach le leathar is aodach. Gu soirbhich leatfein 's le MAC TALLA. A' h-uile latha chi 's nach fhaic. Air mo shloinneadh ann an làithean m'òige

IAGAIN MAC A MHAIGHSTIR-SGOIL MHOIR.

Litir a <eng>British Columbia.<gai>

FHIR MO GHRAIDH,—Tha mi 'creidsinn gu'm bheil thu 'smaointean gu'm bheil an cunntas a bha mi gus a thoirt dhut air Columbia Bhreatunnach fada a' tighinn, 's cha ioghnadh dhut. Agus tha an duthaich ro mhor air son min-chunntas a thoirt oirre.

Ach faodaidh mi radh gur e beanntaichean a chuid is motha dhi. Agus ged a tha earrannan de dh'fhearann math ann an cuid dhe na glinn, 's e meinneadaireachd agus obair fiodha gnothuichean is mo a chuireas a stigh ri muinntir na tire. Tha moran de na glinn cho domhain 's nach fhaicear asda moran de'n ghrian feadh a gheamhraidh, agus, a theagamh, feadh an t-samhraidh. Far am bheil mi-fhin tha e, mar a bha na seann sgeulachdan, "air aghaidh greine 's air chul gaoithe."

Le firinn cha'n 'eil a bheag de ghaoith idir 'san tir, gu h-araidh 's a gheamhradh. Tha an sneachda domhain gu leor an corr aite, bho dha no tri troighean gu fichead troigh no corr air na beanntan. Ach cha'n 'eil an sneachda a cathadh idir mar a tha e 's an aird' an ear, agus is mor an aobhar thaingealachd sin. Tha a' choille a' fas gle ard, agus leis cho beag 's a th' ann de shoirbheas cluinnidh mi craobhan a' tuiteam feadh na bliadhna 'nuair nach 'eil deo soirbheas ann.

Tha mi leitheach eadar druim na "Selkirks" agus nam "Beanntan creagach," a tha an so mu thri fichead mile bho cheile.

Tha a chuid is motha dhe so fo choille 's fo fhiadh-bheathaichean. Tha "cariboo" feadh moran dheth, ach 's e "fiadh muilead" is pailte, agus tha cuid dhiubh a' fàs faisg air cho mor ri "cariboo." Tha mathain de gach seorsa pailt, agus an "gobhar fhiadhaich," a tha coltach ri caora mhor gheal air am bheil cloimh gle fhada,—ach tha adhaircean caol, dubh, biorach air gach aon dhiubh. Tha pailteas de dh'iasg anns na h-aibhnichean agus na lochan. An corr aite chithear loch beag am mullach nam beann a tha lom-lan de bhric, agus bidh iad daonnan fuasach acrach. Fagaidh mi an corr gu uair eile. Is coir dhut tighinn uaireigin g'am choimhead.

UILLEAM IAIN OIG.

Cha'n 'eil ceist 'nar latha is motha a tha cur trioblaid air muinntir smuainteachail na a' cheist so: gu dé a nithear ris an fhearann? Tha an sluagh 'ga thréigsinn agus a' ruith air gach taobh do na bailtean mòra; agus cha 'n 'eil obair no saothair ri'm faotainn air an fhearann. Bidh e soilleir dhaibhsan uile aig am bheil tuigse nach 'eil cùisean mar so mar bu chòir dhaibh a bhi. Tha aobhar no dhà ann a tha toirt air an luchd-obair a bhi fàgail an fhearainn. Tha aon aobhar ann co-cheangailte ris na laghan. Tha na laghan so an aghaidh malairt shaor a bhi ann eadar fear-reic is fear-ceannaich. Tha costuis mhór co-cheangailte ri ceannach fearainn; agus uime sin cha 'n 'eil mirean beaga dheth ach annamh air an reic. Mar so bidh e duilich do'n uachdaran reic agus do'n

iochdaran ceannach. Anns na facail so féin gheibh sinn tomhas do'n chnap-starra ud a tha a' cumail air ais àiteachadh an fhearainn, —“uachdarain” is “ìochdarain.” Ann a bhi ceannach no a reic fiodh no iarunn cha'n 'eil na facail so idir air an cleachdadh. Tha an t-ám a nis a' tighinn dlùth anns am bi treabhadh, cur is cliathadh air an deanamh; ach nach lìonmhor na raointean farsuinn ud feadh Bhreathuinn anns nach fhaicear crann no greallag, agus a tha ann an staid fhiadhaich aonaraich as nach tig maitheas no toradh is fhiach a chionn gu'm bheil saothair an duine air eadar-sgarachadh uatha.—
<eng>Oban Times.<gai>

Tha e coltach gu bheil an geamhradh air bristeadh, 's gu bheil an t-earrach a tòiseachadh. O chionn seachduin tha'n t-sìde na's blàithe, agus tha'n sneachda leaghadh gach latha le teas na gréine. Tha daoine aig am bheil cuimhne cho fad sin air ais ag radh nach robh leithid a' gheamhraidh so 'san dùthaich o chioim da fhichead bliadhna.

Chaochail an t-Athair Urramach Seumas Quinan ann am Montreal seachduin gus an Di-luain s'a chaidh, aig aois trì fichead is ochd bliadhna deug. Bha e air a choisrigeadh gu dreuchd na sagartachd anns 'sa bhliadhna 1853. Trì mìosan an deigh a choisrigidh thainig e do Shidni, far 'n do shaothraich e gu dìleas mar shagart gu deireadh an fhoghair 1900, nuair a b' fheudar dha le dìth slàinte am parraist a leigeil uaithe. Bha e o chionn àireamh mhios ann an tigh-eiridinn am Montreal. Bha e na dhuine bha measail, cha 'n ann a mhàin aig a choithionail fein, ach aig muinntir a bhaile gu h-iomlan agus na dùthcha mu'n cuairt. Nochdadh sin Di-sathuirne s'a chaidh, nuair bha e air a thiodhlacadh: bha àireamh mhor sluaigh cruinn a nochdadh spéis is urraim d'a. Bha an t-Easbuig Camaran air cheann na seirbhis, agus an deigh na h-aifhrinn, shearmonaich an t-Urr. Dr. Thompson. Bha Maighstir Quinan air a chur fo 'n fhòd air a cheart la de'n mhios air an robh e air a choisrigeadh mar shagart leth-cheud bliadhna 's a h-aon air ais. Bidh e-fein agus a shaothair air chuimhne ann an Sidni 's ann an siorrachd Cheap Breatunn gu ceann iomadh la agus bliadhna.

Mar a chaidh innse do ar leughadairean roimhe, chaidh togalach a chur suas ann an Sidni an uiridh air-son toiseachadh ri deanamh beoir. Tha 'n togalach so dìreach air chul na h-ard-sgoile, agus air an aobhar sin thog bord na sgoile, comhairle 'bhaile agus na h-eaglaisean an guth an aghaidh cead laghail a thoirt do'n chuideachd toiseachadh. Chaidh an cead a dhiultadh dhaibh leis an ard-riaghladh, agus tha chuideachd an diugh duilich nach do chuir iad a chuis an cead sluaigh a bhaile mu'n deach iad mu'n obair. Tha an cairdean a' glaothaich nach eil e ceart uiread airgid a bhi dol a dholaidh ann an togalach a tha le cion cead o'n riaghladh gun fheum sam bith, ach cha'n eil a mhor chuid de mhuinntir a bhaile a' toirt eisdeachd do'n glaoth; tha iad a meas gur fhèrr call airgid na call stuaimhe.

Chaochail an t-Urr. Coinneach Mac Coinnich ann am baile Halifax oidhche Di-sathuirne s'a chaidh. Bha e ann an droch shlàinte o

chionn deich no dusan bliadhna, nuair a chaidh e dh' fhuireach do'n bhaile sin. Chuir e seachad an roinn bu mhò de bheatha ann am Baddeck, far 'n do shaothraich e mar mhinisteir 'san Eaglais Chléirich seachd bliadhn' deug air fhichead. Bha e na shearmonaiche math, grunn-dail, araon am Beurla 's am Gáilig. Bha e àireamh bhliadhnachan na chléireach do'n Chléir, agus na fhear-coimhid thairis air na sgoilean ann an siorrachd Victoria. Dh' fhàg e bantrach agus aon mhac ann am baile Halifax: cha'n eil de 'chloinn beò ach am mac sin agus aon nighean a tha pòsda faisg air Montreal.

O chionn beagan is mios gu leith air ais bha Deorsa E. Hutchinson, 'sa bhaile so, air fhaotainn ciontach de airgid fhaighinn le slaughtearachd. B'i bhinn a thugadh a mach air mios de'n phrìosan. Air an dara là dhe'n Mhàrt, bha 'ùine thairis, agus chaidh a leigeil ma sgaoil. Tri uairean an déigh dha a shaors' fhaighinn, thainig fios á Ottawa o Mhinisteir a' Cheartais dh' ionnsaidh an t-siorraim ag àithne dha am prìosanach ceudna a leigeadh a mach gun dàil-nach robh an fhianuis a thugadh na 'aghaidh a dearbhadh na cionta bhatar a' cur air, agus air an aobhar sin nach robh a bhreith ceart.

[TD 146]

[Vol. 12. No. 19. p. 2]

Guth a Duneidionn.

FHIR CHRIDHE,—Gheibh sibh sia tasdain ann am broinn na litreach so, agus cuiridh sibh ri mo chreideas iad air son MAC-TALLA fa chomhair na bliadhna so. Ged a tha am MAC-TALLA agam, cha 'n 'eil mi buileach cinnteach air an dearbh shuim bu chòir dhomh a chur ugaibh air son na bliadhna. Ach cha 'n 'eil sin a so no 'sid. Cuiridh sibh fhéin ceart an gnothuch.

Tha sibh ri 'ur moladh air son an oidhirp urramach a tha sibh a' deanamh air a' Ghàidhlig a chumail ann an inbhe uasal. Tha sinne, a h-uile mac màthar againn, a' toilltinn ar toirt suas do'n t-seisein air son ar moineis 's ar mi-chùram mu 'n chànain a's fhearr is aithne dhuinn.

Tha againn cànan a tha urramach le aois, agus a tha luachmhor ann am measg uile chànainean an t-saoghail, agus tha e 'na mhasladh dhuinn cho beag diù 's a th' againn dith. Tha sinn a' fàgail aig sgoileirean Frangach, agus Gearmailteach, a h-ionmhasan falaichte a thoirt do 'n t-saoghal. Nach 'eil sin nàr?

Cha 'n e nach 'eil othail gu leòr 'n ar measg, thall 's a bhos, a dh' aona gnothuch, ma 's fhior, air son còraichean na Gàidhlig a thoirt a mach. Ach tha dithis ann a tha ann an suidheachadh luach na h-othail sin a mheas aig na 's fhiach i, co dhiubh bheir iad seachad am barail no nach toir, 's e sin, fear-deasachaidh paipeir Gàidhlig, agus ministeir Gàidhlig ann am baile-mòr.

"A h-uile latha 'chi 's nach fhaic," 's latha 'bharrachd.

CALUMCILLE.

Dunéidionn, 19, 2, '04.

A Bail' an Tobair.

FHIR-ULLACHAIDH,—Do bhrìgh gu bheil MAC-TALLA daonnan a' tighinn gu 'r n-ionnsuidh, ann an ainm m'athar, nach maireann, is cinnteach gu bheil sùil agad ri cuideiginn air son a dhioladh. So, ma ta, da dholar. B'e mo dhleasdanas an cur gu d' ionnsuidh fada roimh 'n àm so. Ach 's fhearr tighinn anmoch na gun tighinn idir.

Tha geamhradh stoirmeil, fuar againn air an Eilean, a tha na mhathair-aobhair air moran tinneas is bàis am measg dhaoine breòite.

Tha cuid mhor de 'n chloinn 'san sgìreachd so air an cumail bho 'n sgoil leis an triuthaich, galair nach 'eil ro mharbhteach, ach a tha màirnealach, sgìtheil.

So a cheud oidhirp a thug mise air Gàilig a sgrìobhadh. Air an aobhar sin is tìm dhomh sgur, air eagal gu 'n abair thu gu bheil mo litir coltach ris an triuthaich. Do charaid

DOMHNULL MAC MHURACHAIDH.

Bail' an Tobair, E.P.I., 16, 2, '04.

Bha stoirm thàirneanach ann air a cheathramh la de 'n mhios. Cha robh i gle throm an cearna sam bith de Cheap Breatunn, ach taobh an iar Nobha Scotia bha i doirbh. Ann an Ohio, an siorrachd Yarmouth, bha sabhal air a bhualadh leis a bheithir. Ann an Pubnico, 'san t-siorrachd cheudna bha tigh air a bhualadh. Cha robh seòmar 'san tigh sin air nach d' rinneadh milleadh, ach gu h-iongantach, cha robh duine bha stigh air a ghoirteachadh. Bha pàisde na chadal an creithil aig té de na h-uinneagan: chaidh an uinneag a chur na spealgan, ach cha d' rinneadh sion air a phàisde ged bha mìrean glaine 's fiodha air an tilgeadh ceithir-thimchioll air.

Tha togalach ri bhi air a chur suas ann an Sidni air-son a bhi càramh charaichean an rathaid-iaruinn. Bidh e 175 troidh air fhàd agus 45 troidh air leud. Thatar a' tòiseachadh air gun dàil, agus bidh e ullamh mu thòiseach Iulaidh. Bidh an togalach so na 's mòtha 's an uidheam na 's fhearr na aon dhe sheòrsa an taobh so de Mhoncton. Bidh obair ann do àireamh mhath de luchd-ceairde.

Thatar ag iomradh gu bheil Sir Tearlach Tupper a' dol a ghabhail pàirt Chamberlain ann am feuchainn ri luchd-taghaidh Bhreathuinn iompachadh gu 'bharailean fein air laghannan-malairt na dùthcha. Ged tha Sir Tearlach gu math fad air adhart am bliadhnachan, tha e fhathast slàn, fallain, agus a mealtuinn tomhas mor de thapadh làithean 'òige.

Toiseach na seachduin s'a chaidh bha na h-uighean a' creic an so air

leth-dolar an dusan. Bha iad beagan roimhe sin a' creic air 54c an dusan-ceithir sentichean gu leth a t-ugh-ach a nise tha phrìs a' tuiteam. Tha 'n t-side 'fàs blàth, 's an ùine ghoirid gheibhear am pailteas dhiu air prìs reusonta.

Tha sia ceud tri fichead is deich de luchd.pàrlamaid ann an Tigh nan Islean am Breatuinn-Aig an àm so cha'n eil ach aon àite-suidhe falamh; cha luaithe bhios àite air fhalamhachadh na chuirear mu dheidhinn a lionadh le taghadh. Cha'n eilear uair sam bith a' cur dàil ann an taghadh mar is tric a bhithear 'san dùthaich so.

Air a choigeamh la de 'n mhios chaochail Mairi O'Brien anns an Sidni Tuath aig aois ceithir fichead is coig bliadhn' deug. Bha i ann an deagh shlàinte gus o chionn glé ghoirid. Bha i na bantraich o chionn da fhichead bliadhna 's a dha. Tha sianar pheathraichean is triùir bhraithrean dhi beò fhathast; tha an t-aon a's òige dhiu tri fichead is seachd bliadhn' deug a dh' aois. Bha deichnar chloinne aice, agus tha ochdnar dhiu beò. Aig aon de 'mic tha naodh duine deug cloinne.

Thug an sneachda tàire mhor do mhuinntir a chladaich an iar air a gheamhradh so. Bha sia seachduinean de 'n da mhios a dh' fhalbh gu sònraichte doirbh. A chuid mhor de 'n ùine sin bha bailtean Inbhirnis is Phort Hood air an dùnadh a mach o cheile agus o 'n t-saoghal. Bha an rathad-iaruinn an àiteachan air a thiodhlacadh gu domhain fo chuitheachan mora sneachda, agus an àiteachan eile air a chòmhdach le deigh. Caochladh uairean b' fheudar na <eng>mails<gai> a ghiùlain o Chaol Chanso le eich is sleigheachan.

Bha crith-thalmhainn ann am Peru, an ceann a deas America, air a cheathramh la de'n mhios. Rinneadh call mor ann am baile Lima agus ceithir thimchioll air, barrachd 's a rinneadh le crith-thalmhainn anns a chearna sin o chionn dheich bliadhna fichead.

Chaidh àireamh thogalaichean a losgadh gu làr ann am baile Halifax oidhche Di-haoine, an ceathramh la de'n mhios. Am measg thogalaichean eile bha da thigh-òsda, air sraid a chladaich. Tha'n call air a mheas aig coig mile fichead dolair. Bha Padruig Shelly, seann fhear-teine air a chlaoidh cho mor a' cathachadh an losgidh 's gu'n do chaochail e air an làraich.

Chaidh Caiptean Seumas Mac-Gilleathain air chall ann am Boston o chionn ghoirid, agus gu ruige so cha d' fhuair e sgeul air. Tha a chàirdean a' deanamh dheth gu'n do chuireadh crìoch air a bheatha: bha roinn mhath airgid air a shiubhal nuair a chunnacas mu dheireadh e. Bhuineadh e do Cheap Breatunn, ach bha e fuireach ann an Gloucester o chionn fichead bliadhna. Bha e ré na h-ùine sin a seoladh mar sgiobair air soitheach-iasgaich.

Tha còmhstri nach beag a' dol air adhart am pàrlamaid nan Stàidean aig an am so mu thimchioll <eng>Reed Smoot<gai> a tha tagradh àite suidhe 'san t-seanadh. Buinidh am fear so do eaglais nam Mòrmonach, muinntir d' an cleachdadh a bhi pòsadh barrachd mhnathan 's a tha lagh na dùthcha a' ceadachadh. Air an aobhar sin thatar a' feuchainn ri chumail as an àite-shuidhe air-son an deach a thaghadh; agus mu'm

bi an càs seachad cha'n eil teagamh nach cuirear solus ùr air creud is cleachdadh na h-eaglais Mhormonaich, gu h-àraidh a thaobh ioma-phòsadh.

AM MAC A B' OIGE.

Leis an Urr. Iain Mac Ruairidh.

CAIBIDEAL VII.

CHUIR mi seachad a' cheud oidhche ann an taigh-òsda beag a bh' ann am bràighe glinne troimh robh againn ri dhol. Bha e dlùth air àm cadail an uair a ràinig sinn e. Bha mi cho diùid aig an àm 's nach robh de thapachd annam ach gann na dh' iarradh mo bhaidh. Ach o 'n a bha mi ann an cuideachd Fir Bhaile nan Slochd, bha mi 'gam fhaireachadh fhin tapaidh gu leòr.

Dh' iarr e anns a' mhionaid biadh a dheanamh deas dhuinn le chéile, agus dh' òrdaich e biadh is deoch a chur thun nan seirbhiseach a dh' fhàgadh a' gleidheadh na spréidhe; agus bha muinntir an taighe cho umhail dha 'sa bhiodh na seirbhisich 's na searbhantan a bh' anns an taigh aige fhein.

Chuir so car de dh' annas orm aig an àm, oir cha robh mi idir a' tuigsinn c' ar son a bhiodh duine cho dàna sid ann an taigh duin' eile. Bha e air a theagasg dhomh gu 'm bu chòir dhomh a bhith glé mhodhail, iomchuidh an uair a rachainn do thaigh duine sam bith; agus ged a bha fhios agam gu 'm feumadh daoine biadh is leaba iarraidh ann an taigh-òsda, gidheadh, cha robh mi 'smaointean gu 'm bu chòir dhaibh a bhith cho dàna 'sa bha Fear Bhaile nan Slochd an oidhch' ud. Ach mu 'n d' fhalbh sinn an la-iar-na-mhaireach thuig mi c' ar son a bha e cho dàna; oir fhuair mi 'mach gu 'n robh e glé eòlach air muinntir an taighe fad iomadh bliadhna roimhe sid.

An deigh dhuinn ar suipear a ghabhail-oir ghabh mise mo shuipear aig an aon bhòrd ris an duine chòir fhein-thuirt e: "A Sheumais, tha mise 'dol a thoirt comhairl' ort mu 'n teid sinn a laidhe; oir cha 'n 'eil thu ach òg, agus tha thu fhathast aineolach air a' chuid a's mò dhe na h-uilc a tha ri tachairt ri daoine 'dol throimh 'n t-saoghal. Is i a' chomhairle a tha mi 'dol a thoirt ort an nochd, fios a bhith agad air àireamh nan notaichean a th' air do shiubhal. Cha 'n 'eil fhios agad ciod an seòrsa dhaoine a dh' fhaodas tachairt riut air do thurus. Loisg càl teith mise roimhe; oir thugadh uam làn an dùirn de notaichean. Agus o nach robh fhios agam air àireamh nan notaichean, cha b' urrainn mi mo mhionnan a thabhairt gu 'm bu leam iad, ged a bha fhios is cinnt agam gur a h-iad a chuireadh fa m' chomhair, agus gur e am fear aig an d' fhuaradh iad a ghoid as mo phòcaid iad, agus mi 'nam chadal comhladh ris anns an aon t-seòmar. Riamh o'n lath' ud, chuir mi sìos aireamh nan notaichean 'nam leabhar pòcaid. Mu 'n teid thusa 'laidhe dean mar a tha mise 'g iarraidh ort, agus cha bhi aithreachas ort."

Thug mi taing dha air son a dheadh chomhairle, agus sgrìobh mi sìos

àireamh nan notaichean a bh' agam mu 'n deachaidh mi laidhe.

Ged a bhi mi sgìth gu leòr an dèigh na rinn mi de chois eachd, agus de ruith an déigh na sprèidhe an uair a bhristeadh iad air falbh bhar an rathaid, cha do chaidil mi toiseach na h-oidhche cho math 's a bha mi 'n dùil a dheanainn an uair a bha mi greis 'nam shuidhe anns an taigh-òsda.

B' e sid a cheud oidhche dhomh a bhith riamh 'nam laidhe ann an taigh sam bith ach ann an taigh caraid. Cha bhithinn ach tiotadh 'nam chadal an uair a dhùisginn le car de chlisgeadh, agus mi 'bruadar gu 'n robh mèirleach air tighinn a steach do 'n t-seòmar a ghoid mo chuid airgid. Ach mu dheireadh na h-oidhche, thuit mi ann an cadal trom, agus b' fheudar mo chrathadh air ghualainn mu'n do dhùisg mi anns a' mhadainn.

Bha e suas ri meadhain-latha mu 'n do chairich sinn leis an spréidh, oir bha Fear a' Bhaile an comhnuidh an aghaidh cas-choiseachd a thoirt asda. Bha toil aige gu 'm biodh iad ann an deadh choltas an uair a ruigeadh iad am maragadh. Agus o'n a bha 'n latha glé theith, cha do chuir sinn astar mòr sam bith 'nar dèigh. Air

[TD 147]

[Vol. 12. No. 19. p. 3]

an aobhar sin, cha b'urrainn duinn ar ceann-uidhe ruighinn ann an àm mar a bha dùil againn. Cha robh againn ach an oidhche chur seachad air taobh a' mhonaidh far an robh an crodh ag ionaltradh. Gu fortanach bha 'n oidhche ciùin, tioram, blàth; agus o'n a bha i cho goirid 's a bhitheadh i, cha d'fhairich sinn fad i.

Mharcaich Fear a' Bhaile air aghart beagan mu 'n deachaidh a' ghrian fodha, agus ged a dh' iarr e ormsa leantail romham gus an ruiginn an taigh-òsda anns an robh e-fhein gus an oidhche 'chur seachad, b' fhearr leam gu mòr an oidhche chur seachad air taobh cnuic comhladh ris na gillean air an robh mi eòlach na falbh 'nam ònar ann am beul anamoch na h-oidhche troimh àite fàsail anns nach robh mi eòlach, agus far am faodadh droch dhaoine mo spùinneadh.

Cha robh sinn ach gann gu leòr de bhiadh, ach ann an glasadh an latha thainig biadh g' ar n-ionnsuidh o Fhear a' Bhaile; agus 'na dhèigh sin chosich sinn air aghart leis an spréidh a chum nach biodh uiread de chois eachd againn ri dheanadh an uair a thigeadh teas an latha.

Cha ruig mi leas mion-chunntais a thoirt seachad air mar a bha sinn a' faotainn air aghart air ar turus. Foghnaidh dhomh a ràdh gu 'n d' thug sinn uine mhath air an rathad, agus gu 'n robh mi 'gabhail fadachd gu leòr nach robh mi 'ruighinn mo cheann-uidhe.

Mu dheireadh ràinig sinn aite anns an robh agamsa ri dealachadh ri Fear a' Bhaile, agus ris na companaich a bh' agam air mo thurus. Ged

a bha mi fhìn 's iad fhein réidh, companta gu leòr fad ar turuis ann an cuideachd a chéile, gidheadh bha mi 'fás sgìth dhe 'n dòigh a bh'aca. Ged a bha tomhas math de dh' eòlas agam orra mu 'n d' fhalbh mi á taigh m' athar, gidheadh cha robh fhios agam gu ro mhath ciod an seòrsa dhaoine 'bh' annta. Mar a tha 'n seanfhacal ag radh: "Cha bhi fhios agad ciod e duine gus am bi do ghnòthach ris."

Chuir sinn seachad an oidhche ann an tigh-osda a bha aig snaim dà rathaid. Bha 'mheur dhe 'n rathad a bha 'tionndadh a dh' ionnsuidh na laimhe deise, a' treorachadh a dh' ionnsuidh na h-Eaglaise Brice, far an robh Fear a' bhaile gus an spréidh a reic; agus bha 'mheur dhe 'n rathad a bha tionndadh a dh' ionnsuidh na laimh clìthe, a' treorachadh gu ruige Baile Shruidhleidh, far an robh agamsa ri dhol.

O'n a ghabh Fear a' bhaile os laimh m' fhaicinn sàbhailte ann an Struidhleidh, thuirt e rium gur docha gu 'm bu cho math dhomh fuireach anns an taigh-òsda gus an tilleadh e o'n mhargadh an dèigh dha an spréidh a reic, na 's lugha na thachradh gu 'm biodh duine fìor earbsach a' gabhail an rathaid gu ruige Struidhleidh a chumadh cuideachd rium air an t-slighe, agus a chitheadh sàbhailte do 'n Bhaile mi. Agus bhruidhinn e ri fear an taigh-òsda mu dheidhinn so; agus thuirt fear an taigh-òsda ris 'nam éisdeachd fhìn, nach leigeadh e air falbh mi na 's lugha na chitheadh e duine ris am faodadh e m' earbsa.

Bha mi dà latha anns an taigh-òsda. Bha fear an taighe glé chaoimhneil rium. Ged nach robh facal Gàilig 'na cheann, bha e 'g ràdh gu 'n robh Gàilig gu leòr aig 'athair 's aig a mhàthair. Ach an uair a bha esan 'na phàisde beag, dh' fhalbh iad as a' Ghàidhealtachd; agus ged a bhiodh 'athair 'sa mhàthair a' labhairt Gàilig gu math tric, cha do chum e facal dhi air chuimhne. B' i a' Bheurla 'bhiodh e 'cluinntinn an comhnuidh anns an sgoil agus aig na companaich a bh' aige 'na bhalach òg, agus an déigh dha tighinn gu aois.

Bha e cho caoimhneil riumsa 's ged a b' e fìor dhlùth charaid dhomh a bhiodh ann. An uair a bha mi 'falbh, cha ghabhadh e sgillinn uam air son mo bhéidh 's mo leapadh. "Tha mi glé eolach air Fear Bhaile nan Slochd," ars' esan, "agus o'n a tha mi 'tuigsinn gu 'm bheil meas mòr aig' ortsa, cha ghabh mi sgillinn uat. Cha do ghabh mi sgillinn riamh fhathast o fhear-dùthchadh dhe do sheòrsa-sa air son greim béidh agus fasnach na h-oidhche a thoirt dha. Bidh mi cheart cho beairteach an ceann na bliadhna 's ged a ghabhainn pàigheadh air son na chosg thusa."

Thug mi taing dha air soh a chaoimhneis, agus o nach robh mo sporran trom, bha mi glé thaingeil da rìreadh air son cho caoimhneil 'sa bha e rium.

B' ann air cùram duine air an robh coltas a bhith earbsach, onarach a dh' fhalbh mi as an taigh-osda gu ruige Struidhleidh. Ged a bha beagan eòlais aig fear an taigh-òsd' air is e mo mhòr-bharail nach do thuig e ciod an seòrsa duine 'bh' ann. Nan do thuig, tha mi cinnteach nach robh e air mise leigeadh air falbh 'na chuideachd,

oir dhearbh e nach robh ann ach an dearg shlaoightire.

Bha àird-fheasgair ann mu 'n d' fhalbh sinn, oir cha robh cabhag sam bith airsan gu falbh. Bha e 'g ràdh gur ann air an oidhche a b' fhearr a choisicheamaid o'n a bha 'n t-side cho teith agus cho tioram. Ach mar a tha 'n seanfhacal ag ràdh: "Bha 'ghnothach fhein fa near do 'n tuathanach."

Cha b' urrainn duine sam bith companach-siubhail bu tlachdaire na e bhith aige. Bha e cho comhraideach agus cho mòr fiosrachadh mu iomadh rud ri duine 'thachair riamh rium. Cha robh mi 'faireachadh na h-ùine 'dol seachad leis na bha e 'g innseadh de naigheachdan taitneach dhomh. An ceann gach greise bheireadh e uam a' mhàileid a bha mi 'giùlan, agus ghiùlaineadh e i fad mìle no da mhìle.

"Cha mhath leam do shàrachadh," theireadh e; "tha astar mòr againn ri 'choiseachd mu 'n ruig sinn ar ceann-uidhe. Ged a tha thusa aotrom, òg. agus glè mhath gu coiseachd, cha 'n 'eil thu cho fulangach air mòran coiseachd a dheanamh 's a tha mise. Ach an uair a leigeas sinn ar n-anail gu math anns an taigh-òsda a's fhaisge dhuinn, bidh sinn na 's sunndaiche gus a dhol air aghart. Tha mise gu math eòlach air gach rathad a tha 'dol troimh 'n dùthaich, agus is aithne dhomh rathad aithghearr troimh 'n mhonadh a chuireas a staigh còig mìle air a' chuid a's lugha ruinn. Bidh an oidhche móran na 's fionnaire na 'n latha, agus coisichidh sinn mòran na 's fhearr. A bharrachd air a so, cha 'n fhaodamaid a dhol tarsuinn phàirceanan feòir is arbhair aig an àm so dhe 'n latha, no aig àm sam bith anns am bi muinntir an àite na 'n dùsgadh. Ach air an oidhche, an uair a bhios iad uile 'nan cadal, faodaidh sinn a h-uile aithghearrachd a thogras sinn a ghabhail."

(Ri leantuinn.)

MAC IAIN DIRICH.

BHA uaireiginn rìgh agus bànrìgh ann, agus bha aona mhac aca, ach shiubhail a' bhànrìgh agus phòs an rìgh bean eile. B' e an t-ainm a bh' air mac na ceud bhànrìgh Iain Direach. Bha e 'na ghille dreachmhor. Bha e 'na shealgair, agus cha robh eun air an tilgeadh e a shaighead nach leagadh e, agus mharbhadh e na féidh 's na h-earbaichean astar mor uaithe. Cha robh latha a rachadh e a mach le 'bhogha 's a dhòrlach nach tugadh e dhachaidh sithionn.

Bha e aon latha anns a' bheinn sheilg a sealg, agus cha d' fhuair e sithionn air bith, ach thàinig seabhag ghorm seachad air 's leig e saighead rithe, ach cha do rinn e ach aon iteag a chur as a sgiath. Thog e an iteag agus chuir e na bholg-seilg i agus thug e dhachaidh i, agus an uair a thàinig e dhachaidh thuirt a mhuime ris, "C' àit' am bheil do shithionn an diugh?" Chuir esan a làmh a stigh na bholg-seilg agus thug e a mach an iteag agus thug e dhi i.

Ghabh a mhuime an iteag 'na laimh, sheall i oirre agus thuirt i: "Tha mise 'cuir mar chroisean 's mar gheasan 's mar easan na

bliadhna ortsa, nach bi thu gun loba a'd' bhròig, agus gu 'm bi thu fliuch, fuar, salach, gus am faigh thu dhòmhsa an t-eun as an d' thàinig an iteag sin."

Agus thuirt esan ri 'mhuime: "Tha mise 'cuir mar chroisean 's mar gheasan 's mar easan na bliadhna ortsa, gu 'm bi thu a'd' sheasamh 's an darna cas agad air an tigh mhor 's a chas eile air a' chaisteal, agus gu 'm bi d' aodann ri aghaidh nan siantan, ge b'e gaoth a shéideas, gus am pill mise air m' ais."

Dh' fhalbh Mac Iain Dirich cho luath 'sa b' urrainn da a dh' iarraidh an eòin as an d' thàinig an iteag; agus bha 'mhuime 'na seasamh, 's an darna cas aic' air a' chaisteal's a chas eile aic' air an tigh mhor, gus an tigeadh e air ais, agus, cuideachd, bha a h-aodann ri aghaidh nan sian, ge b'e àird as an séideadh a ghaoth, gus an tigeadh esan air ais a rithist, cia air bith cho fada 's a bhiodh e gun tighinn.

Bha Mac Iain Dirich air falbh a' siubhal nam fàsach, a sheall am faiceadh e an t-seabhag, ach an t-seabhag cha b' urrainn da fhaicinn, agus moran na bu lugha na sin cha b' urrainn da fhaotainn. Bha e a' falbh leis fhein air feadh nam fàsach 's e tighinn dlùth air an oidhche. Bha na h-eòin bheaga bhaidealach a' dol o bhàrr nam preas, o dhos gu dos, 's gu bun nan dris, a' dol gu tàmh, is ged a bha cha robh esan a' dol ann, gus an d' thàinig an oidhche dhall dhorcha, is chaidh e 'na chrùban aig bun pris. Co thàinig an rathad ach an gille-màirtein, agus thuirt e ris: "Beul sios ort! a Mhic Iain Dìrich; is olc an oidhch' an d' thainig thu. Cha 'n 'eil agam fhéin an nochd ach aon spàg muilt 's aon leth-cheann caora, ach is éiginn a bhith a deanamh leis."

Bheothaich iad gealban 's ròsd iad feoil, agus dh' ith iad an spòg muilt 's an leth-cheann caora. Aig a' mhaduinn, thuirt an gille-màirtein ri mac an rìgh: "A Mhic Iain Dìrich, tha an t-seabhag a tha thu 'g iarraidh aig famhair mor nan coig cinn, nan coig mill, 's nan coig muineal. Leigidh mis' fhaicinn dhut far am bheil an tigh aige, agus 's e mo chomhairle-sa dhut thu a dhol gu bhith na d' ghille aige 's a bhith gu easgaidh, ealamh a deanamh gach ni a theid iarraidh ort 's gach ni a theid earbsa riut, agus bi ro mhath ris na h-eoin aige, 's ma dh' fhaoidte gu 'n earb e riut an t-seabhag a bhìadhadh. An uair a gheibh thusa an t-seabhag ri 'bìadhadh bi ro mhath rithe, gus gu 'm faigh thu fàth, an uair nach bi am famhair aig an tigh, ruith air falbh leatha. Ach thoir an aire nach bean uibhir is aon ite dhi do ni air bith de na tha air taobh a stigh an taighe, ar neo ma bheanas cha teid leat."

Thuirt Mac Iain Dìrich gu 'n tugadh e aire air sin, agus dh' fhalbh e a dh' ionnsuidh tigh an fhamhair. Rainig e, agus bhuaill e aig an dorus.

Ghlaodh am famhair: "Co a th' ann an sin!"

"Tha mise," thuirt Mac Iain Dìrich, "fear a tha tighinn a sheall am bheil feum agad air gille."

“Dé an obair is urrainn dut a dheanamh?” ars’ am fahhair.

“Ma ta,” arsa Mac Iain Dìrich, “is urrainn domh eunlaith ’s mucan a bhiadhadh, agus bó, no

[TD 148]

[Vol. 12. No. 19. p. 4]

gabhair, no caoirich a bhiadhadh ’sa bhleoghann.”

“Is e do leithid a tha dhìth orm,” ars’ am fahhair.

Thàinig am fahhair a mach ’s chuir e tuarasdál air Mac Iain Dìrich. Agus bha e a’ toirt aire ro mhath air gach ni a bha aig an fahhair, agus bha e ro mhath ris na cearcan ’s ris na tunnagan, agus thug am fahhair an aire cho math ’sa bha e deanamh, agus thuirt e gu ’m bu mhath a bhòrd o’n a thàinig Mac Iain dìrich seach mar a bha e roimhe—gu ’m b’ fhearr leis aona chearc de na bha e faotainn an nis na dithis do na gheibheadh e roimhe. “Tha mo ghille cho math ’s gu ’m bheil dùil agam gu ’m faod mi earbsa ris an t-seabhag a bhiadhadh.” Agus thug am fahhair an t-seabhag do Mhac Iain Dìrich ri biadhadh, agus thug e an aire shònruichte air an t-seabhaig. An uair a chunnaic am fahhair cho math ’sa bha Mac Iain Dìrich a’ toirt aire air an t-seabhag, bha leis gu ’m faodadh e a h-earbsa ris an uair a bhiodh e fhein o’n tigh. Thug am fahhair da an t-seabhag ri ’gleidheadh, agus bha Mac Iain Dìrich a’ toirt aire shònraichte air an t-seabhaig.

Bha leis an fahhair gu ’n robh gach ni a’ dol gu ceart agus dh’ fhalbh e o’n tigh. Smaoinich Mac Iain Dìrich gu ’m b’e sin an t-àm gu ruith air falbh leis an t-seabhag, agus bheir e air an t-seabhaig gu falbh leatha. An uair a bha e a’ fosgladh an doruis, is a chunnaic an t-seabhag an solus, sgaoil i a sgiathan gu leum agus bhean bàrr aon de ua h-itean aig aon de na sgiathan aice do aon de ursainnean an doruis, agus leig an ursainn sgrìach as. Thainig am fahhair dhachaidh ’na ruith, agus bheir e air Mac Iain Dìrich agus thug e uaithe ’n t-seabhag, agus thuirt e ris: “Cha tugainnsa dhut mo sheabhag, mur faigheadh tu dhomh an claidheamh geal soluis a tha aig seachd mnathan mora Dhiùrath.” Agus chuir am fahhair Mac Iain Dìrich air falbh.

Chaidh Mac Iain Dìrich a rithist troimh ’n fhàsaich, agus choinnich an gille-màirtein air, agus thubhairt e: “Beul sìos ort! a Mhic Iain Dìrich; cha do rinn ’s cha dean thu mar a dh’ iarras mise ort. Is olc an oidhch’ an d’ thainig thu an nochd. Cha ’n ’eil agam ach aon spòig muilt agus aon leth-cheann caora, ach is éiginn a bhith deanamh leis.”

Bheothaich iad gealban agus rinn iad deas an spàg muilt ’s an leth-cheann caora, agus ghabh iad biadh is cadal. An ath latha thuirt an gille-màirtein, “Theid sinn gu taobh a’ chuain.” Chaidh iad ’s

ràinig iad taobh a' chuain, agus thuirt an gille-màirtein: "Cinnidh mise ann am bhàta, agus rach thusa air bòrd orra agus bheir mi a null gu Diùrath thu. Rach a dh' ionnsuidh seachd mnathan mora Dhiùrath agus iarr seirbhis gu thu a bhith na d' ghille aca. An uair a dh' fharraideas iad dhiot gu dé is urrainn dut a dheanamh, abair riutha gu'm bheil thu math air glanadh iarunn agus stàilinn, òr agus airgiod, agus gu 'n dean thu gu glan, soilleir, dealrach iad. Agus thoir an aire shònruichte gu 'n dean thu gach ni gu ceart, gus gu 'n earb iad an claidheamh geal soluis riut, agus an uair a gheibh thu fàth ruith air falbh leis. Ach thoir an aire nach bean an truaill do ni air bith air taobh a stigh an taighe, ar neo ni e sgread 's cha teid do ghnathach leat."

Chinn an gille-màirtein 'na bhàta agus chaidh Mac Iain Dìrich air bòrd oirre, agus thainig i air tìr aig creagan nan deargan aig taobh mu thuath Dhiùrath. Leum Mac Iain Dìrich air tìr agus chaidh e a ghabhail muinntireas aig seachd mnathan mora Dhiùrath. Rainig e, is bhuaile e aig an dorus. Thainig na seachd mnathan mor a mach, agus dh' fharraid iad gu dé a bha e ag iarraidh. Thuirt e gu 'n d' thainig e a sheall an robh feum aca air gille. Dh' fharraid iad deth ciod a b' urrainn da a dheanamh. Thuirt e gu'm b' urrainn da òr is airgiod, no iarunn no stàilinn a ghlanadh, 's an deanamh gu soilleir, geal, dealrach. Thuirt iad: "Tha do leithid a dhìth oirnn." Agus chuir iad turasdal air.

Bha e ro dhìchiollach ré sia seachdainean, agus chuir e na h-uile ni ann an òrdugh anabarrach. Thug na mnathan mor an an aire dha, agus bha iad ag ràdh ri chéile, "Is e so an gille is fhearr a bha againn riamh. Faodaidh sinn an claidheamh geal soluis earbsa ris."

Thug iad da an claidheamh geal soluis ri ghleidheadh an òrdugh, agus bha esan a' toirt aire shonruichte air a' chloidheamh gheal sholuis, gus aon latha nach robh na mnathan mor aig an tigh. Smaoinich esan gu 'm b'e sin an t-àm dhàsan gu ruith air falbh leis a' chloidheamh gheal sholuis. Chuir e anns an truaill e agus thog e air a ghualainn e; ach an uair a bha e a' dol a mach air an dorus bhean bàrr an truaill do'n àrd-dorus agus thug an t-àrd-dorus sgread. Ruith na mnathan mor dhachaidh agus thug iad uaithe 'n claidheamh, agus thuirt iad ris: "Cha tugamaid dhut ar claidheamh geal soluis, mur faigheadh tu dhuinn an fhalaire bhuidhe aig rìgh Eirinn."

Dh' fhalbh Mac Iain Dìrich gu taobh a' chuain agus choinnich an gille-màirtein air, agus thuirt e ris, "Beul sìos ort! a Mhic Iain Dìrich; cha do rinn 's cha dean thu mar a dh' iarras mis' ort. Cha 'n 'eil agam an nochd ach aon spòg muilt 's aon leth-cheann caora, ach is éiginn a bhith deanamh leis."

Bheothaich iad gealban is ròsd iad feòil, ghabh iad biadh 's bha iad subhach. An ath latha thuirt an gille-màirtein ri Mac Iain Dìrich: "Cinnidh mise ann am bhàrca, agus rach thusa air bòrd oirre agus theid mi a dh' Eirinn leat. An uair a ruigeas sinn Eirinn rach thusa 'dh' ionnsuidh tigh an rìgh agus iarr seirbhis gu bhith ann a'd' ghille stàbuill aige. Agus an uair a gheibh thu sin bi gu easgaidh, ealamh a deanamh gach ni a tha ri dheanamh, agus gléidh na

h-eich agus an usair ann an òrdugh ro mhath, gus gu 'n earb an rìgh an fhalaire bhuidhe riut, agus an uair a gheibh thu fàth ruith air falbh leatha. Ach thoir an aire 'nuair a bhios tu 'ga toirt a mach, nach bean mìr air bith dhi do ni air bith air taobh a stigh a' gheata, ach bonnaibh nan cas aice, ar neo cha soirbhich do ghnòthuch leat."

Agus an sin chuir an gille-màirtein e fhein ann an riochd bàrca, chaidh Mac Iain Dìrich air bòrd agus sheòl a' bhàrca leis do dh'Eirinn. An uair a rainig iad tir na h-Eirionn, leum Mac Iain Dìrich air tir agus chaidh e gu tigh an rìgh. An uair a rainig e an geata, dh' fharraid fear-gleidhidh a' gheata dhe c' àit' an robh e a' dol, agus thuirt esan gu 'n robh e dol a shealltainn an robh gille stàbuill a dhìth air an rìgh. Leig fear-gleidhidh a' gheata seachad e, agus ràinig e tigh an rìgh agus bhuaill e aig an dorus. Thainig an rìgh a mach agus thubhairt e: "Dé a tha thu ag iarraidh ann a so?"

Thuirt esan: "Le 'r cead, is ann a thainig mi a shealltainn an robh feum agaibh air gille stàbuill."

"Ciod is urrainn dut a dheanamh?" ars' an rìgh.

Thuirt esan: "Is urrainn mi na h-eich a ghlanadh 's am biadhadh, 's an usair aca 'ghlanadh, agus an obair airgid 's an obair stàilinn a ghlanadh agus an deanamh dealrach."

Chuir an rìgh tuarasdail air agus chaidh e do 'n stàbull. Agus chuir e gach ni an ordugh math: thug e aire mhath air na h-eich, bhiadh e gu math iad agus ghléidh e glan iad, 's bha an craicionn aca ag amharc slìom, agus an obair airgid 's an obair stàilinn gu dealrach ag amharc, 's cha 'n fhaca an rìgh iad cho math an òrdugh riamh roimhe. Agus thubhairt e: "Is e so an gille stàbuill is fhèarr a bha agam riamh. Faodaidh mi an fhalaire bhuidhe earbsa ris."

Thug an rìgh an fhalaire bhuidhe do Mhac Iain Dìrich ri ghleidheadh, agus thug Mac Iain Dìrich an aire shonruichte air an fhalaire bhuidhe: bhiadh e is ghléidh e glan i, gus an robh an craicionn aice gu slìom, sleamhainn, 's i cho luath 's gu 'm fàgadh i an darna gaath 's gu 'm beireadh i air a' ghaath eile. Cha 'n fhac' an rìgh i riamh cho math.

Chaidh an rìgh aon latha do 'n bheinn sheilg; agus smaoinich Mac Iain Dìrich gu 'm b'e sin an t-àm gu ruith air falbh leis an fhalaire. Chuir e 'na h-uidheam i, le srian is diollaid, agus an uair a thug e a mach as an stàbull i 's a bha e 'ga toirt a mach troimh 'n gheata, thuig i sguaise le 'h-earball agus bhean bàrr a h-earbaill do ursainn a' gheata agus leig i sgread aisde. Thainig an rìgh 'na ruith agus thug e o Mhac Iain Dìrich an fhalaire, agus thuirt e ris: "Cha tugainnsa dhut an fhalaire bhuidhe, mur faigheadh tu dhomh nighean rìgh na Frainge."

(Ri leantuinn.)

Robinson Crusoe.

CAIBIDEAL XIV.

THACHAIR dìreach mar a bha mi 'smaointean, bha bagh beag ann do 'n robh an sruth a' tarraoinn an rath. Dh' fheuch mi cho math 's a b' urrainn domh ris an rath a chumail ann am meadhan an t-sruth. Ach cha mhor nach deachaidh an rath thairis, agus nan deachaidh bha mo chridhe air a bhristeadh. O nach robh eolas sam bith agam air a' chladach, chaidh aon cheann dhe 'n rath air tanallach, agus cha mhor nach do thuit na bh' agam air am mach air a' cheann eile. Ach rinn mi na b' urrainn domh gus na cisteachan a chumail 'nan aite fhein le mo dhruim a chur riutha. Air a shon sin cha robh de neart annam na chuireadh an rath bhar an tanallaich, agus cha b' urrainn domh carachadh as an aite anns an robh mi. Bha mi fad leith uair a' cumail nan cisteachan gun charachadh far an robh iad. O 'n a bha 'n lionadh a' tighinn beag air bheag, thog e an rath bhar an tanallaich, agus fhuair mi as a' ghabhadh anns an robh mi, agus mar sin fhuair mi steach gu math do bheul na h-aimhne.

Bha sruth 'g am tharraoinn a steach gu math do 'n amhuinn. Bha mi 'g amharc air gach taobh dhìom air son aite freagarrach anns am faighinn an luchd a chur gu sabhailte air tìr.

Cha robh toil agam a dhol fada suas anns an amhainn, oir bha toil agam a bhith ann an sealladh a' chuain, gun fhios nach tachradh dhomh long fhaicinn a' seoladh seachad faisge air a' chladach, agus mar sin chuir mi romham a dhol gu tìr cho faisge air a' chuan 's a b' urrainn domh.

Mu dheireadh thug mi an aire do gheodha beag air mo laimh dheis, agus an deigh moran saoitreach agus dragha fhuair mi an rath a chuir a steach ann. Ach an so theab an rath a dhol thairis a rithist; oir bha 'n cladach car cas, agus nan cuirinn toiseach an rath air tìr thuiteadh an luchd a bh' agam air am mach air an deireadh aige.

Cha b' urrainn domh dad a dheanamh ach

[TD 149]

[Vol. 12. No. 19. p. 5]

feuchainn ris an rath a chumail far an robh e gus am biodh e muir-lan an dochas gu 'n rachadh bad beag comhnard dhe 'n chladach a bha fa m' chomhair fodha, agus gu 'm faighinn an rath a chur air. Gu fortanach chaidh e fodha, agus cho luath 's a shaoil mi gu 'n robh troidh uisge air 'uachdar, chuir mi an rath air. Chuir mi an da bhlaigh raimh a bh' agam anns an talamh, fear dhiubh air gach taobh dhe 'n rath, agus an uair a cheangail mi e gu math teann ris na raimh, stad mi far an robh mi gus an deachaidh an traghadh am mach, agus an d' fhag e an rath agus na bh' air uachdar gu sabhailte air

a' chladach.

B' e an ath obair a rinn mi sealltainn air feadh an aite feuch am faicinn aite freagarrach gus comhnuidh a ghabhail ann, agus gus na thug mi gu tir a thasgaidh seachad gu sabhailte o gach cunnart a dh' fhaodadh tighinn an rathad. Aig an am cha robh fhios agam co dhiubh a bha mi air tir-mor, no air eilean. Agus cha mho a bha fhios agam co dhiubh a bha mi ann an cunnart o bheathaichean fiadhaich no nach robh.

Bha beinn chorrach, ard mu mhile o 'n chladach, a bha a reir choltais na b' airde na h-aon eile dhe na beanntan a bh' anns an aite, agus a bha an taobh a' tuath dhìom. Thug mi leam fear dhe na gunnathan, daga, agus fudar is luaidhe, agus dh' fhalbh mi gus a dhol gu mullach na beinne so. Fhuair mi deuchainn agus saothair gu leor mu 'n d' rainig mi mullach na beinne. An uair a rainig mi, thug mi an aire gu 'n robh mi air eilein, agus nach robh ploc fearainn 'nam shealladh air taobh seach taobh, ach beagan sgeirean a bha astar mor air falbh, agus da eilean bheaga a bha mu naodh mile an iar orm.

Thug mi an aire mar an ceudna gu 'n robh an t-eilean air an robh mi 'na fhasach; agus cha robh aobhar sam bith agam a chreidsinn gu 'n robh daoine 'fuireach ann, no creutair sam bith ach ma dh' fhaoidteadh beathaichean fiadhaich. Ach cha 'n fhaca mi creutair ann ach eunlaith; agus bha am pailteas dhiubh sin ann. Cha robh fhios agam ciod e an seorsa eunlaith a bh' annta, no an robh iad math ri 'n itheadh no nach robh. An uair a bha mi tilleadh air ais, loisg mi air eun mor a chunnaic mi 'na shuidhe air craoibh an iomall na coille. Tha mi creidsinn gu 'm b'e sid a' cheud urchair a loisgeadh riamh air an eilean. Cha bu luaithe a loisg mi an urchair na dh' eirich aireamh mhor de dh' eoin dhe gach seorsa bhar nan craobh air feadh na coille gu leir, agus thoisich iad ri sgreachail 's ri glaodhaich gu h-uamhasach. Ach bha an t-eun a mharbh mi ann an dath coltach ri seabhac, agus bha gob crom air mar gu 'm biodh air seabhac, ged nach robh spuirean air. Cha ghabhadh an fheoil a bh' air itheadh idir.

An uair a thill mi air ais thun an rath, thoisich mi ris an luchd a bh' agam air a chur air tir. Chuir mi seachad na bha romham dhe 'n latha ris an obair so. Cha robh fhios agam ciod a dheanainn rium fhin an uair a thigeadh an oidhche, no c'aite an caidlinn. Bha eagal orm laidhe air an talamh gun fhios nach tigeadh beathaichean fiadhaich a dh' itheadh mi mu 'n tigeadh a mhadainn. Na dheigh sid fhuair mi a mach nach robh beathaichean fiadhaich idir air an eilean, agus nach robh aobhar sam bith dhomh a bhith fo eagal mar a bha mi.

Ach air a shon sin dh' fheuch mi cho math 's a b' urrainn domh ri bothag bheag a dheanamh anns an cuirinn an oidhche seachad gu sabhailte. Rinn mi so leis na cisteachan 's leis na deileachan a thug mi gu tir air an rath.

Agus a thaobh cia mar a gheibhinn feoil sithionn air an eilean, cha

'n fhaca mi ach a dha no tri de chreutairean coltach ri maigheach a leum am mach as a' choille an uair a loisg mi an urchair agus a mharbh mi an t-eun.

Thoisich mi nis ri smaointean gu 'm faodainn iomadh rud a bhiodh feumail dhomh a thoirt as an luing, mar a bha feadhainn dhe na siuil agus rudan eile de dh' acfhuinn na luinge, a ghabhadh toirt gu tir, agus chuir mi romham nach deanainn car dhe 'n obair a bh' agam ri dheanamh air tir gus am faighinn na b' urrainn dhomh a thoirt gu tir as an luing.

Bha mi greis a' dol fo m' smaointean feuch co dhiubh a b' fhearr dhomh an rath a thoirt leam thun na luinge na falbh uice mar a rinn mi roimhe. Thuig mi nach robh rathad agam air an rath a thoirt leam. Mar sin chuir mi romham gu'n rachainn air bord innte mar a rinn mi roimhe, an uair a bhiodh am muir traigh ann.

Dh' fhag mi mo chuid aodaich far nach ruigeadh an lan air. Chuir mi dhìom mo chuid aodaich gu leir ach leine shecer, drathais a dh' anart, agus da bhroig.

Fhuair mi air bord 's an luing mar a fhuair mi roimhe, agus thoisich mi ri rath eile 'dheanamh. Agus o 'n a bha mi na b' eolaiche air mar bu choir dhomh rath a dheanamh, cha d' rinn mi e cho mor ris a' cheud rath, agus cha mho a chuir mi luchd cho mor air. Ach thug mi leam cuid mhath de nithean a bha gle fheumail dhomh.

An toiseach fhuair mi a dha no tri de phocannan lan de thairnean agus de speicean, inneal-togail, dusan no dha de thuadhannan, agus, rud a bha na b' fheumaile dhomh gu leir, clach-liomhraidh. Chuir mi na nithean so gu tearuinte air an rath, agus caochladh de nithean eile a bhuineadh do 'n ghunnair, gu sonraichte a dha no tri de gheimhleagan iarunn, agus da bharrailte de pheileirean mhosgaidean, seachd mosgaidean agus gunn-eanach, maille ri tuilleadh fudair, agus poca mor lan de fhras-luaidhe, agus siota mor luaidhe. Bha 'n siota so cho trom 's nach b' urrainn domh a thogail gus a chur thar cliathach na luinge.

A bharrachd air na nithean so thug mi leam na fhuair mi de dh' aodach nan seoladairean, seol-ard nach do chuireadh riamh am feum, hamac, agus aodach leapadh. Leis a' so luchdaich mi an dara rath, agus fhuair mi gu sabhailte gu tir leis an luchd, rud a thug misneach agus toileachadh mor dhomh.

Fhad 's a bha mi air bord na luinge, bha car de dh' eagal orm gu 'm faodadh creutairean tighinn an rathad agus a h-uile greim dhe na dh' fhag mi de bhiadh air tir itheadh. Ach an uair a thainig mi air ais, chunnaic mi nach d' thainig creutair sam bith an rathad ach creutair a bha coltach ri cat fiadhaich a bha 'na shuidhe air te dhe na cisteachan. An uair a chaidh mi dluth dha ruith e astar beag air falbh, agus shuidh e gun eagal fa m' chomhair, agus sheall e orm anns an aodann mar gu 'm biodh toil aige am barrachd eolais a chur orm. Chuir mi an gunna ri mo shuil gus losgadh air, ach an uair a chunnaic mi nach robh e 'carachadh as a' bhad an robh e, smaoinich

mi gu'm bu pheacach dhomh cron a dheanamh air. Thilg mi bìdeag bhrioscaid g'a ionnsuidh, agus an uair a chuir e 'shron air thoisich e ri itheadh; agus bha coltas toilichte air mar gu 'm biodh e 'g radh gu 'm bu mhath leis tuilleadh fhaotainn. Ach thug mi taing dha, agus thuirt mi ris, nach b' urrainn domh an corr a thoirt dha; agus an sin dh' fhalbh e.

An uair a fhuair mi an darna luchd air tìr, bha toil agam na barailtean fudair a thoirt gu aite sabhailte, ach bha iad cho trom 's nach b' urrainn domh an giulan. Thoisich mi ri tent a dheanamh leis na siuil agus le maidean a ghearr mi air son a' ghnòthaich.

An uair a bha 'n tent deiseil thug mi ann a h-uile rud a ghabhadh milleadh le uisge no le grein, agus chuir mi na cisteachan falamha agus na barailtean falamha mu 'n cuairt air an tent gus gach duine agus ainmhidh a thigeadh an rathad a chumail air falbh.

An uair a rinn mi so, dhuin mi dorus an tent le buird o 'n taobh a staigh, agus chuir mi chiste fhalamh air a ceann anns an dorus. Sgaoil mi an leabadh air an lar. Chuir mi da dhaga aig mo cheann, agus an gunna ri mo thaobh, chaidh mi 'laidhe, agus chaidil mi gu trom fad na h-oidhche; oir bha mi anabarrach sgith agus claidhte. An oidhche roimhe sid cha robh mo chadal ach bristeach, bruilleineach 'nam shuidhe anns a' chraoibh; agus eadar a dhol do 'n luing agus na thug mi aisde a chur air tìr sabhailte, bha mi aig obair gle thrang.

CAIB. XV.

Tha mi creidsinn gu 'n robh barrachd de rudan dhe gach seorsa agam air a chur air tìr na bha aig aon duin' eile riamh roimhe; ach cha robh mi riarachtaichte leis na bh' agam. Fhad 's a bha 'n long a' fuireach 'na suidhe gu comhnard air an traigh bha mi 'smaointean gu 'm bu choir dhomh feuchainn ris a' h-uile rud a b' urrainn domh a thoirt aisde. Agus a' h-uile latha aig a' mhuir-traigh bha mi 'dol air bord innte agus a' toirt rudeigin gu tìr.

Ach air an treas uair a chaidh mi air bord thug mi leam na b' urrainn domh dhe 'n rìgin, agus mar an ceudna a' h-uile ropa caol is garbh a

[Dealbh]

"FHUAIR MI GU SABHAILTE GU TIR."

[TD 150]

[Vol. 12. No. 19. p. 6]

fhuair mi. Thug mi leam an canabhas a bh' innte gus a bhith 'caradh nan seol, agus am barrailte de dh' fhudar fliuch. A dh' aon fhacal, ghearr mi na siuil 'nam piosan, agus bha mi 'g an toirt leam mar a dh' fhaodainn a' h-uile turus a bha mi 'dol gu bord.

An deigh dhomh a dhol a' coig no sia de thurusan gu bord, agus mi 'smaointean nach robh dad a b' fhiach an t-saothair air bord tuilleadh, fhuair mi toileachadh mor an uair a thachair tosgaid mhor lan arain rium, tri barrailtean mora lan ruma, bocsa siucair, agus barrailte fluir. Chuir so ioghnadh orm, a chionn gu 'n robh mi 'smaointean nach robh dad de bhiadh air bord ach na chaidh a fhliuchadh leis an t-saile.

Rinn mi suas na bha dh' aran anns an togsaid 'na phasgain ann am piosan a bha mi 'gearradh as na siuil. Agus fhuair mi a' h-uile dad dhe so a thoirt gu tir gu sabhailte mar an ceudna.

Air an ath latha chaidh mi rithist do 'n luing, agus o 'n a thug mi leam roimhe sid a' h-uile rud a ghabhadh giulan agus a bha deiseil do m' laimh, thoisich mi ri gearradh nan cablachan 'nam piosan cho mor 's a rachadh agam air a thogail. Thoisich mi an sin ri deanamh rath mor air na slatan-siuil agus air gach maide eile a b' urrainn domh a chur an sas, agus an uair a bha e deas agus a luchdaich mi gu math trom e leis na cablachan agus leis a' h-uile iarunn a b' urrainn domh a thoirt leam, dh' fhalbh mi gu tir leis. Ach chaidh an gnothach nam aghaidh air an turus so; oir bha 'n rath cho mor, agus an luchd cho trom 's cho neo-sgiobalta 's nach robh e furasda dhomh an rath a chumail comhnard, no idir a stiuireadh. An deigh dhomh a thoirt a steach do 'n gheotha bheag anns am b' abhaist dhomh a bhith 'cur an luchd air tir, cha b' urrainn domh a laimhseachadh cho faicleach 's a b' abhaist, agus gu tubaisteach chaidh e thairis, agus chaidh mi fhin agus an luchd gu leir am mach air a' 'mhuir. Do m' thaobh fhin, cha d' eirich dad cearr domh, oir bha mi faisge air tir. Ach chaill mi a' chuid bu mho dhe 'n luchd, gu h-araidh an t-iarunn, ged a bha mi 'n duil gu 'm biodh e gle fheumail dhomh. Ach an uair a thainig an traghadh fhuair mi greim air a' chuid bu mho dhe na cablachan, agus air beagan dhe 'n iarrunn mar an ceudna; ach cha b' ann gun mhoran saoithreach is dragha. B' fheudar dhomh a bhith dol fo 'n uisge gu tric gus greim fhaotainn air. Agus dh' fhag an obair so gle chlaoidhte mi. 'Na dheigh so chaidh mi gu bord a' h-uile latha, agus thug mi gu tir a h-uile rud a bha mi faotainn.

Bha mi nis tri latha deug air tir, agus bha mi aon turus deug air bord anns an luing fad nan laithean ud. Thug mi leam aisde a h-uile rud a b' urrainn mo dha laimh a thoirt a greim. Agus na'n robh an t-side air mairsinn ciuin, tha mi lan-chinnteach gu 'n robh mi air an long gu leir a thoirt gu tir 'na piosan. Ach an uair a bha mi 'deanamh deas gus a dhol gu bord innte an dara turus deug, chunnaic mi gu 'n robh a' ghaoth a' toiseachadh ri beothachadh. Ach air a shon sin, an uair a bha e muir-traigh, chaidh mi air bord, agus ged a bha mi 'n duil gu 'n do rannsaich mi an cabin cho math 's a ghabhadh deanamh, fhuair mi aite-glaiste ann anns an robh drathraichean. Ann an te dhiubh fhuair mi dha no tri de rasairean, siosair math, mor, agus mu dhusan sgian is forc. Ann an drathair eile fhuair mi airgid a bhuineadh do rioghachdan na Roinn-Eorpa, agus do Bhrasil. Bha e 'na bhuinn bheaga agus 'na bhuinn mhora. B' fhiach na bh' ann gu leir mu shia puinnd deug air fhichead Sasunnach.

An uair a chunnaic mi an t-airgid so, thainig fiamh gaire orm, agus thuirt mi, O, a rud gun mhath! Ciod am feum a th' annad? Cha 'n fhiach e an t-saothair dhomhsa do charachadh as a' bhad 's am bheil thu. Is luachmhoire aon dhe na sgionan so dhomhsa na 'n torr airgid so gu leir. Cha 'n 'eil feum air an t-saoghal agam ort. Fan far am bheil thu, agus rach do 'n ghrund mar ni anns nach 'eil feum sam bith."

Ach an uair a smaoinich mi uair no dha air a' chuis thug mi as an drathair e, agus phaisg mi gu curamach e ann am breid canabhais, agus thoisich mi ri deanamh rath. Am feadh 's a bha mi gu trang ag obair air deanamh an rath, chunnaic mi na speuran a' dubhadh, agus gu 'n robh a' ghaoth a' sior eirigh, agus ann an ceathramh na h-uarach dh'eirich a' ghaoth cho ard 's nach b'urrainn domh an rath a chur gu tir o 'n a bha a' ghaoth a' seideadh bhar an fhearainn. Ghrad smaoinich mi gu 'm b'e mo ghliocas feuchainn ri dhol gu tir mu 'n 'n eireadh an lionadh ro ard, air neo is docha nach fhaighinn gu tir gu brath. Air an aobhar sin leig mi mi-fhin sios do 'n mhuir, agus shnamh mi gu tir, ach cha b' ann gun stri gun chunnart; oir eadar a' ghaoth a bhith laidir 'nam aghaidh agus cudram nan nithean a bha mi giulan, theab nach tugainn tir am mach idir.

Ach fhuair mi dhachaidh do mo bhothaig bhig, far an do laidh mi gu samhach agus mo cuid saoibhreis gu leir mu 'n cuairt dhomh.

Sheid an stoirm gu math cruaidh fad na h oidhche ud, agus an uair a sheall mi mach anns a mhadainn cha robh sealladh ri fhaicinn air an luing. Chuir so beagan ioghnaidh orm, ach bha de thoileachadh agam gu 'n do rinn mi feum dhe 'n uine, agus gu 'n robh mi gle dhichiollach gus a h-uile rud a bhiodh feumail dhomh a thoirt aisde, agus nach robh a' bheag air fhagail air bord innte a bhiodh feumail dhomh ged a bhiodh am barrachd uine agam gus a dhol air bord a dh' iarraidh tuilleadh.

Leig mi nis an long as m' aire, agus a h-uile dad a dh' fhaodadh a bhith innte. Ach na dheigh sid chuir am muir gu tir piosan dhi, ach cha robh iad a chum moran feuma dhomh.

Shuidhich mi nis m' inntinn gu buileach air ciod an doigh a b' fhearr anns an rachadh agam air mi-fhin a dhion o dhaoine fiadhaich, nan tigeadh a h-aon dhiubh nam choir, agus o bheathaichean fiadhaich, ma bha a h-aon dhiubh air an eilean. Bha iomadh doigh a' tighinn fa chomhair m' inntinn araon do thaobh so, agus mar an ceudna do thaobh an seorsa taigh-comhnuidh a b' fhearr dhomh a dheanamh. Cha robh fhios agam co dhiu a b'fhearr dhomh uamh a' chladhach anns an talamh, no tent a dheanamh. Mu dheireadh shuidhich mi gu 'n deanainn an da chuid, agus cha bhiodh e mi-iomchuidh dhomh cunntas a thoirt seachad an so mu 'n deidhinn.

An uine ghoirid chunnaic mi nach robh an t-aite anns an robh mi freagarrach air son aite-comhnuidh a thogail ann, gu sonraichte o 'n a b' e talamh iosal, tais a bh' ann a bha faisge air a' chladach. Agus bha mi 'creidsinn nach biodh e 'na aite fallainn; agus gu h-araidh a chionn nach robh uisge faisge air. Air an aobhar sin chuir

mi romham gu'm feuchainn ri aite bu deiseile ri uisge, agus a b' fhallaine fhaotainn.

Bha caochladh nithean ann a thug mi fa near a thaobh mar bu choir dhomh aite-comhnuidh freagarrach a dheanamh. An toiseach, bu mhath leam an t-aite bhith fallainn, agus uisge math a bhith dluth dhomh; a rithist, bu mhath leam gu 'm biodh e 'na aite fuscach o theas na greine; 's an treas aite, bu mhath gu 'm biodh e furasda ri dhion o dhaoine 's o bheathaichean fiadhaich; agus anns a' cheathramh aite, bu mhath leam gu 'm biodh e ann an sealladh na mara, a chum, nan tachradh gu 'n cuireadh Dia long an rathad, gu 'm faicinn i, agus nach caillinn cothrom air mi-fhin fhaighinn as an daorsa anns an robh mi, o nach do chaill mi mo dhochas gu 'm faighinn as.

An uair a bha mi 'g amharc air son aite dhe 'n t-seorsa, fhuair mi comhnard beag ri taobh beinne a bha cho cas ri balla taighe, air chor 's nach b' urrainn duine no creutair sam bith eile tighinn a nuas orm o 'n mhullach aice. Aig bonn na beinne so bha toll astar beag a staigh mar gu 'm biodh dorus uamha; ach cha robh uamha no fosgladh sam bith fada staigh fo 'n chreig so.

Shuidhich mi gu 'n togainn an tent air a' chomhnard bheag a bha air beulaobh an tuill so. Bha 'n comhnard so mu cheud slat air leud, agus mu dha cheud slat air fad, agus bha e mar aillean boidheach mu choinneamh an doruis agam, agus leathad neo-shocrach sios uaithe a dh'ionnsuidh a' chladaich. B' ann air taobh a tuath 's an iar-thuath na beinne a bha 'n t-aite, agus mar sin bha e fuscach o theas na greine gus am biodh a' ghrian anns an aird-an-iar, sin ri radh, gus am biodh e faisge air dol fodha na greine anns an aite ud. Mu 'n do chuir mi suas an tent, chomharraich mi am mach an t-aite anns an deanainn callaid mhath, laidir gus an tent a dhion. Bha gach ceann dhe 'n challaid ri bonn na creige caise a dh' ainmich mi mar tha. Bha 'challaid so gu bhith leith-chruinn. Bha mu dheich slatan eadar a meadhain agus bonn na creige far an robh an toll, agus bha mu fhichead slat eadar an da cheann aice.

Chuir mi da shreith de phuist mhatha, laidir anns an talamh. Bha an da shreith so mu shia oirlich o cheile, agus bha na puist mu choig troidhean a dh' airde. Rinn mi na cinn aca biorach an deigh dhomh an cur gu math domhain, teann anns an talamh. 'N a dheigh sin chuir mi na piosan chablachan a thug mi as an luing eadar an da shreith phostachan, o 'n talamh suas gus am barr; agus gus a' challaid so a dheanamh laidir gu leor, chuir mi maidean-taic ris na puist a bha air taobh a staigh na callaid; agus bha i cho laidir 's nach b' urrainn duine no ainmhidh faighinn thairis oirre.

Chosg mi saothair agus uine mhor mu 'n do ghearr mi na puist anns a' choille, mu 'n do tharruinn mi iad a dh' ionnsuidh an aite, agus mu 'n do bhuail mi sios gu math teann anns an talamh iad.

(Ri leantuinn).

Facal a L'Ardoise.

A DHEADH CHARAID,—Ged a thog mi mo pheann gu beagan fhacal a chur sios aig an àm so, cha 'n 'eil fhios agam gu ro mhath ciod a sgrìobhas mi. Ged a bheirinn mo bheachd mu 'n t-sìde, is docha gu 'm bi mi 'm mearachd; oir tha i caochladh cho tric 's nach urrainn do neach beachd cheart a thabhairt. Ach tha na h-uile 'n dòchas gu bheil a chuid a's miosa seachad.

Is cinnteach gur e cho fìor fhuar 'sa bha 'n t-sìde bu choireach gu 'n do bhual fiabhrus pòsaidh na Frangaich an taobh so. Chaidh innse dhomh gu 'n do chuir còrr is fichead snaim mu 'n d' thainig an Carghas. Cha do thachair ach aon phòsadh Gaidhealach: Iain Mathanach á <eng>Grand River<gai> is Flòiri Mhathanach a mhuinntir an àite so. Tha sinn a call nan nigheanan Gaidhealach le tapachd fleasgaich bhailtean eile; agus ma leanas gnothuichean dhe 'n t-seorsa moran na 's fhaide cha bhi caileag air fhàgail againn ris an dean sinn briodal. Ach o'n is e bliadhna leum a th' ann, agus cead laghail aig na caileagan air a' "cheisd a chur," dh' fhaodadh gu 'n òl sinn deoch slàinte càraid òg air choireiginn mu 'm bi 'bhliadhna seachad.

COINNEACH A. MAC FHEARGHAIS.

An naodhamh latha dhe'n Mhàrt.

[TD 151]

[Vol. 12. No. 19. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH 'NAR TAIGH-CEANNACHD AIR Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>

FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &c., &c.

<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA.<gai>
CORPAICHTHE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:
<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.
<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha BANCA-CAOMHNAIDH anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3½% 'sa bhliadhna.

An t-Earrach.

LEIS AN URR. DONNACHADH MAC-GILLEATHAIN, NACH MAIREANN.

Is maiseach an t-earrach 'nuair thig e 'na thràth,
'S is maiseach an caochladh a thig air a shàil;
Am fuachd gheibh e bàirlinn is fàgaidh e 'n tìr,
'S ge leisg e mu imeachd 'se imeachd a ni.

Thig caochladh 's cha bheag e, 's cha bheag idir oirnn,
'S cha luaithe na's maith leinn, is maith air gach dòigh;
Gheibh nàdar grad fhuasgladh, gheibh fuasgladh 'na feum,
'S thig saorsa o'n cruaidhchàs do'n tuath is do'n spréidh.

Bidh 'ghrian dol an àirde, a blàths dol am mòid,
Ged robh a sùil silteach, 's ged d' iadh oirre neòil;
Ged 's mall leinn a h-éiridh, 's ged 's gearr leinn a cuairt,
Gidheadh théid an giorrad a cadal 's a suain.

Tha na glasan a' lasach', tha 'n t-earrach air teachd,
Tha 'm fonn 'dol an taisead, a' leaghadh tha 'n sneachd,
Tha gach allt agus lochan tighinn am follais a rìs,
'S cha diol iad do'n reodhadh bonn cuspainn no cìs.

Tha 'n eigh orra géisgeil 's ag éigheach gu h-àrd,
A spionnadh 'ga tréigsinn, 's i 'n éiginn 's an càs,
Tha i 'bristeadh 'sa bruanaidh, air ghluasad gun taing,
'S cha ghabhar bonn truas dith, 's cha truagh leinn a cainnt.

Tha gach bith agus creutair 'bha éisleineach, trom,
'Fàs misneachail, treubhach, las éibhneas 'nan com;
'Nan crùban cha'n 'eil iad am faspadh nam bruach,
'S ged ri àm thigeadh fras cha mheath iad le fuachd.

Tha mèilich nan caorach a' sgaoileadh mu'n cuairt,
Ach cha'n ann mar a bha e fann, cràiteach, is truagh,
Ach guth na caomh mhathar làn blàiths agus gaoil,
A' cuireadh a h-àlaich grad thàradh r'a taobh.

Is tosdach cha'n 'eil i gus an tarruing iad dlùth,
A' mireadh 's a cleasachd, 's a beadradh le sunnd,
Gus an tig iad 'nan deannaibh 's an tàrr iad 'na còir,
'S an tràigh iad na cìochan tha lìontach gu leòir.

Tha trusgan a' gheamhraidh a' tuiteam gu làr,
'S tha trusgan is grinne a' tighinn 'na àit';
Tha 'm fuachd a' dol seachad, thig teas agus blàths,

O'n thàinig an t-earrach, an geamhradh fhuair bàs.

Tha 'n treabhaich' a' dùsgadh gu sunndach 's gu moch,
Le 'chaib', is léin', 'dhol a reubadh nan cnoc:
Chaidh an t-seisreach an òrdugh 's gur bòidheach do 'n t-sùil
Na th' aige 's an amharc an dòchas 's an dùil.

Tha 'n sgrìob air a leagadh gu dìreach 's gu réidh,
An sìol air a chur 's a' chliath air a dhéigh;
'S is sunndach is ceòlmhor an t-òran 's na fuinn
'Tha tighinn a'd' chòmhair 'n àm treabhadh an fhuinn.

Tha 'n saoghal a' dùsgadh o'n dùiseal 's o'n t-suain,
A bhuaidhaich car ùin' ged nach d' fhaod e bhith buan;
Tha beatha, is gluasad, is luasgan 's gach àit'-
Tha othail is ùpraid gach taobh agus àird.

'Nuair dhearrsas a ghrian air, 's a shileas gu sèimh
An drùchd a bheir cinneas is grinneas o nèamh,
'Na dhìthreabh ni's fhaide cha bhi e mar bha,
Ach fàsaidh gach luibh ann is maisiche blàth.

O! dùisg sinn o 'r cadal, is iompaich 'na thràth,
'Chaomh Athair ar spioraid, le anail do ghràidh,
Mu'n crannar an dorus nach fosglar ri 'r glaoth,
'S a bhitheas ar n-aidmheil 's ar n-athchuinge faoin.

Nis tha 'n Latha Seachad.

Nis tha 'n latha seachad
'S feasgar 'ciaradh nuas,
'S neula tiugh na h-oidhche
Anns an iarmailt shuas.

Nis tha 'n dorch' a' laighe,
'S rionnag air an speur;
'S tha luchd-tàimh na coille
'Dol mu thàmh gu léir.

Iosa, thoir do 'n ànrach
Cadal fallain, ciùin;
Sùilean beag' do leinibh,
Le do bheannachd dùin.

Aislingean gun bhuaireas
Deònaich fhéin do d' uain;
Coimhid an luchd-mara,
Mach air uchd a' chuain.

Beannaich dream tha faire
Muintir thinn 's fo phian;
Dream tha 'n tì air droch-bheart,
Gleith o 'm peacadh dian.

Ré na h-oidhche faide,
Sgaoileadh d' ainglean naomh'
Sgiathan geala tharainn,
'S faireadh iad r' ar taobh.

'S 'nuair a thig a' mhadainn,
Eiream leis a' ghréin,
Urail, glan, 's neo-lochdach
Ann ad shùilean fhéin.

Mairi Ghreannar.

SEISD.

O shaorainn, shaorainn, shaorainn i,
Air m' fhacal fhéin gu 'm faodainn sin;
'S ged bhiodh cuid nach saoilleadh e,
Gu 'n saorainn Mairi Ghreannar.

Shaorainn fhein gun teagamh i,
Ged bha mi tric a' beadradh rith',
Nach d' iarr mi ni mi-dhleasanach,
'S nach freagrach dhomh bhi cainnt air.

Shaorainn fhein gu deònach i,
'S cha b' eagal leam ged 'bhòidichinn,
Nach d' fhuair mi bheag de dh'fhòtus innt'
O'n ghabh mi eòlas cainnt oirr'.

Ma tha cron ri leughadh ort,
An gnìomh, no 'n gne, cha léir dhomh e;
'S a dh' aindeoin beachd an t-saoghail so
Is tusa daonnan m' annsachd.

Tha suairceas, tlachd is sìobhaltachd
A' stri co dhiubh is dilse dhut;
Tha maise, cliù is finealtachd
Ag imeachd air gach laimh dhìot.

Gur modhail, socrach, briathrach thu;
Gur aoidheil, caoimhneil, ciallach thu;
'S nam biodh gach cùis mar dh' iarrainn iad,
Bu tu mo cheud bhean bainnse.

D'fhalt bòidheach, cam-bhuidh', dualagach,
'S a bhàrr a' fàs gu d' cruachanan:
Do phòg mar mhil nan cuachagan,
'S do shnuadh air dhreach an t-samhraidh.

Gur soitheamh, banail, beusach thu;
Gur geanail, sunndach, eutrom thu;
Gur connar, fonnar, spéiseil thu,
Gu h-aoidheil, céillidh, greannar.

Cha mhol mi thu, cha 'n urrainn mi,
Cha 'n 'eil mo bhriathran ullamh dhomh,
Do bheusan thug mi 'n t-urram dhaibh,
'S iad chuir mi uile 'n geall ort.

Ach dh' innsinn fhìn gu soilleir dhuibh
Co i, 's co bhuaithe 'shloinneadh i,
Mur bhi gu 'n d' fhuair sibh coire dhomh
Air son na rinn mi chainnt oirr'.

Doire Gheala-bhuinne.

EADAR. LE IAIN MAC COINNICH, UGH DAR "SAR OBAIR NAM BARD."

Gu doire Gheal-bhuinn' falbhamaid, ainnir mheachair, 0,
Trid a lubaibh cama, gorm, ainnir mheachair, 0,
Far am fàs an ròs na uaill,
'Chuireas mais' air dreach gach cluain,
'S am bi sithichean air chuairt, ainnir mheachair, 0.

Theid sinn sios seach am muileann, ainnir mheachair, 0,
Thun na h-uaimh' taobh an t-sruthain, ainnir mheachair, 0,
Far am freagair guth nan gleann
Fuaim steallaireach nan allt,
Teachd o sheomraichibh nam beann, ainnir mheachair, 0.

Theid sinn do bhad nan geug, ainnir mheachair, 0,
Far an tric a laidh sinn fein, ainnir mheachair, 0,
'G éisdeachd oranaich nan craobh
Ri seinn d'a chéil' air gaol,
Fìghe lus-chrun taobh ri taobh, ainnir mheachair, 0.

Ah! 's gearr gus an cuir mi cùl, ainnir mheachair, 0,
Ris an tìr so 's riutsa 'rùin, ainnir mheachair, 0,
Ris an t-sruthan chuairteach, ghrinn,
Is fàile cùbhraidh na coill,
Is riut fein a ghaoil gun fhoill, ainnir mheachair, 0.

Tha gruaim an fhortain cruaidh, ainnir mheachair, 0,
Air do leannan-sa, 'san uair-s', ainnir mheachair, 0,
Seal mu 'n éirich grian 's na speur
Dhùsgadh coisridh bhinn nan geug,
Falbhaidh mise do thir chéin, ainnir mheachair, 0.

'Nuair a bhios mi 'n dùthaich chéin, ainnir mheachair, 0,
Na m' laidh am blàr ban creuchd, ainnir mheachair, 0,
Eilidh, 'nuair chluinneas tu
Gu 'm bi do ghaoil 'san ùir,
Bidh na deoir a ruith o d' shùil, ainnir mheachair, 0.

[Vol. 12. No. 19. p. 8]

Amhairc an So!
'san ath aireamh airson
SANAS UR
bho
<eng>The Canadian Bank of Commerce
Sydney, C. B.
P. C. STEVENSON, MANAGER.<gai>

Fear air bith cha'n aill leam

SEISD.
A dh' fhear air bith cha'n aill leam,
Air bith, air bith cha'n aill leam;
A dh' fhear air bith cha'n aill leam.

Cha'n aill leam gobha dubh a' ghuail,
No isean suarach tàilleir.

Cha'n aill leam fhein an tuathanach:
Bidh ruaig air son a' mhàil air.

Cha'n aill leam saor nan locraichean:
Gur h-aotrom bochd a' cheaird-san.

Cha'n aill leam fhein an greusaiche,
'S na breugan a' co-fhàs ris.

Cha'n aill leam fhein am breabadair
A bhios a' goid an t-snàth oirnn.

Cha'n aill leam fhein an seòladair
Bhios eòlach air na sràidean.

Gu'm b' fhearr leam fhein an saighdear,
Bhiodh oidhche anns gach àite.

Sean-fhacail agus Comhadan.

LE DONNACHADH LOUDUINN.

'N uair a chailleas neach a mhaoin,
'S gnothuch faoin 'bhi 'g iarraidh meas,
Ge do labhair e le céill
'S beag a gheibh e 'dh' éisdeas ris.

'S beag sgoinn do mhòintich am monadh;
'S beag sgoinn do choille am fàsach;
'S lugha meas tha 'dhuine falamh,
'N uair 'tha earras an deigh fhàgail.

'S iomadh caraid 'th' aig fear saibhir;
Tha daoine bochda gun phrìs;
'S gann a dh' aidicheas an càirdean
Gu 'm buin iad daibh is iad bhi 'n dìth.

Tha 'n fhirinn gu cliùiteach sona,
Cha chron air duine 'bhi fial:
'S fearr beagan anns an onair,
Na 'n donas agus ceithir chiad.

Is ainmig a dh' éireas fortan,
Le fear crosda 'bhios gun chéill;
'S fearr do dhuine fuireach sàmhach
Na droch dhàn a chur an céill.

Eiridh tonn air uisge balbh;
Gheibhear cearb air duine glic;
Eiridh gnothach le fear mall;
Bristidh 'm fear tha call gu tric.

Tha 'ghaineamh fhein anns gach sruthan;
Cha 'n 'eil tuil air nach tig tràghadh;
'S dona 'n càirdeas gun a chumail,
'S cha 'n fhaighear duine gun fhàiling.

Is coltach fear 'tha ris an fhoill,
'S nach 'eil sgoinn aige de 'n chòir,
Ris an duine 'thaisg an luaidh,
Agus a thilg uaithe 'n t-òr.

'S dona thig maighdean gun 'bhi beusach;
Cha dean fear gun ghéire dàn;
Cha dean fear gun fhoghlum leughadh;
'S cha tig léigh gu duine slàn.

'S math 'bhi siothail anns gach ball;
Caillidh daoine dall an t-iùl;
Is sona neach a bhios gun bheud,
Ach caillidh luchd nam breug an cliù.

Smaoinich mu 'n dean thu labhairt,
Ma 's àill leat do ghnòthuch 'bhi réidh;
'S fearr dhut sealltuinn beagan romhad,
Na sealltainn fada air do dhéigh.

Cha trom leis an loch an lach,
Cha trom leis an each an t-srian,
Cha trom leis a chaor' a h-olainn,
'S cha truimid a' choluinn a ciall.

Cha trom leis an fhiadh a chabar,
Cha trom leis a choileach a chìrein;
Ni a mheasas aon neach mar leth-throm,

Chi neach eil' e mar thoilinntinn.

Tha 'n neach 'tha gleidheadh seanachais dhiomhain,
'S a leigeas diadhaidheachd fo 'bhonn,
Mar a bha 'n té a thog a chàth,
'S a dh' fhag an cruineachd air an tom.

Far am bi bó bidh bean,
'S far am bi bean bidh buaireadh;
Far am bi fearg bidh bruidhinn,
Is as a' bhruidhinn thig tuasaid.

Am fear a bhrathas 's e 'mharbhas;
Cha deanar dearbhadh gun deuchainn;
'S gann a dh' aithnicheas tu do charaid,
Gus an tachair dhut bhith 'd éiginn.

'S math caraid anns a' chùirt,
Ma thig neach gu trioblaid;
Ach 's fearr eun 's an laimh
Na dha air iteig.

Leig d' eallach air làr mu 'n lag thu,
Ma dh' aithn'eas tu d' eallach trom;
Is mòr gur fearr an cù a ruitheas,
Na 'n cù a shuidheas air tòim.

Bean thlachdmhor, gun ghnìomh, gun ghleidheadh,
Ge do thaitinn i ri d' shùil-
Ciod am feum a ta an lann,
Mur bi làmh air a cùl?

Pigheid chaileig air bheag céill,
Ged 'robh feudail aic 'us stòr,
Cha 'n fhaod a fear a bhì sona,
Ma bhios i gnogach 's an t-sròin.

Bean gun nàire, gun ghliocas,
Bean mhisgeach, gun bheusaibh-
B' fhearr dhut cù 'chur mu d' amhuich,
Na do cheangal ri té dhiubh.

Bean ardanach, labhar,
Bean ghabhannach, chéilidheach,
Is tùs trioblaid 'us aimbeairt
Dol ga d' cheangal ri té dhiubh.

Am fear a gheallas 's e dh' iocas,
'S e 'm fear a dh' iarras a phàidheas;
Cha choir do neach a bhì ullamh
Gu dol 'an cunnart no 'n gàbhadh.

Am fear nach dean àr' ri latha fuar,
Cha dean e buain ri latha teth;

Am fear nach dean obair no gnìomh,
Cha 'n fhaigh e biadh feadh nam preas.

'S fearr sìth á preas na strìth ri glais;
Bi faicilleach mu d' ghiulan,
'S furas seasamh 'n gnothach ceart.
Ge d' theid gach cùis gu 'n dùbhlán.

Is tùs a' ghliocais eagal Dé;
Cha dean encoir do chur suas,
Co dhiubh is math no 's olc 'tha 'd' chré
'S ann do 'reir a gheibh thu duais.

Is fearr an ceartas glan na 'n t-òr;
Is beag air duine còir an fhoill;
An neach a charas thu o d' chùl,
Chuir e 'dhùil an cuid an doill.

Is ciatach gnothach follaiseach,
Ach 's dona comunn cealgach;
An rud a gheibhear aig ceann an deamhain
Caillear e aig 'earball.

Is olc an toiseach cogaidh geilt;
Cha'n ionann sgeul do'n chreich 's do'n tòir;
Is searbh gloir an fhir a theich,
'S am fear a dh' fhuirich ni e bòsd.

ANNS AN STOR UR
LE STOC MOR DE DH
Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula
ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE
air Sraid Shearlot.
<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

Tha sinn
A CREIC A MACH AR STOC IOMLAN
de dh'
Airneis 's de Bhrait-Urlair
air na chosd iad.
<eng>Gordon & Keith,
A. T. Grant, Manager<gai>
350 Sraid Shearlot, Sidni, C. B.

<eng>Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na
treineachan a ruith mar a leanas:—

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

[Dealbh]

A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>

Sidni, Feb. 8, '01.

A. J. BEUTAN.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prisean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.

M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

NIALL MacFHEARGHAIS,

Ceannaiche Taillear.

Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a's ùire.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh

riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c.; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

Mac-Talla.
Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.
Bliadhna, \$1.00
Tri Miosan, .30
Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchda gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 153]

[Vol. 12. No. 20. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

Comhairlean Aithghearr.

'Se an ni a's fearr do dhuine san t-saoghal so, dearbh chinntas a bhi aige air saoghal a's fearr.

'S iad na tri nithean a's mo tha dhìth air mac an duine 'sa bheatha so, a thaobh na colunn, lòn, aodach, agus tàmh.

Nam b' àill leat tlachd a ghabhail ann ad lòn, agus blas taitneach a bhi air do ghnath, gabh mo chomhairle agus saothairich air a shon.

Nam b' aill leat tlachd a bhi agad ann ad aodach, paigh e mu'n cuir thu ort e.

Nam b' àill leat cadal agus tàmh agus suain shocrach fhaotainn, thoir deagh choguis ghlan leat do d' leabaidh.

Dean na nithe so uile, agus bidh tu gu math dheth san t-saoghal so; agus a thaobh an t-saoghail a ta ri teachd-ma's miann leat a bhi sona ann gu siorruidh, lean Esan a thubhairt, 'S mise an t-slighe. Earb 'na iobairt-lean 'eisimpleir-gluais 'na cheumannaibh; agus mar so tha thu sona tearuinte air son aimsir agus air son siorruidheachd.

Fionnaghal Nic Dhomhnuill.

An uair nach robh dol as aig Prionnsa Tearlach, agus e air a chlaoidh gu goirt, an déigh Blàr Chùilfhodair, dh' earb e e-féin ri ainnir usail nach faodar ainmeachadh ach leis a' mheas a's àirde. B'i sin Fionnaghal NicDhòmhnuill, nighean do Fhear Bhaile-mhuilinn ann an Uidhist a' chinn-a-deas; bean uasal òg, àillidh, a bha ainmeil r'a linn féin, air son gach beus a bu chliùitiche. Bha oide na mnà uaisle so 'na cheannard air feachd an rìgh, a thachair a bhi 'n Uidhist air an àm, agus fhuair ise cead sgriobhte fo a laimh air a son féin, a gille, agus a searbhanta, 'chum an leigeadh thairis do 'n Eilean Sgiathanach. B'e 'n gille a thug i leatha Niall Mac Eachainn, neach a b'e seanair an duin' ainmeil, an t-àrd Cheann-feachd sin, Diùc Tharentum, a choisinn na h-uiread chliù ann an cogadh fo Bhonaparte; agus b'i 'n searbhant' a thug i leatha, Prionns' Tearlach, ann an éideadh boirionnaich.

Dh'fhàg iad Uidhist 's an anmoch ann an sgoth bhig; bha'n oidhche dorcha, dòbhaidh; mu ghlasadh an là, fhuair iad iad féin fa chomhair Rudha Bhatarnis 'san Eilean Sgitheanach, ach mar a bha iad dlùth do thìr chunnaic iad na saighdearan dearga 'feitheamh orra air an tràigh. Bha iad mar urchair gunna dhaibh mu'n d'thug iad an aire; ach cho luath 's a mhothaich iad an cunnart, thill iad a mach gu fairge. Ghlaodh na saighdearan riu iad a thighinn gu tir no gu'n loisgeadh iad orra, ach cha do ghabh iad suim d'am bagradh; loisg an

t-arm dearg orra, agus bha na peileirean a' feadail mu'n cuairt daibh; ach dh'iomair an sgioba gu tapaidh, agus chaidh iad as a' chunnart.

Thàinig a' bhean uasal mhisneachail so, agus a luchd-muinntir air tìr aig Mugstat, ionad-còmhnuidh Shir Alastair, Triath Shléite. Bha fhios aice gu'n robh Sir Alastair o'n bhaile, agus chuir i fios a dh' ionnsuidh na Baintighearna gu'n robh iad a' tighinn. Dh' fhàg i 'm Prionnsa fo sgòrr creige, aig a' chladach, am feadh a ràinig i féin an tigh a dh'fhaotainn naidheachd nan crìoch. B'fhortanach gu'n robh i cho faicilleach, oir fhuair i àireamh de dh' oifigich an rìgh a stigh. Chaidh i 'n an làthair, agus labhair i mar nach biodh iomaguin no cùram oirre.

O nach b' urrainn Baintighearna Chloinn Dòmhnuille am Prionns' a thoirt a dh' ionnsuidh an tìghe, chuir i duin'-uasal as an robh i làn earbsach, Fear Chinnseburg, far an robh e, leis gach goireas a shaoil i a bha feumail; agus thug an duin'-uasal measail sin leis e 'chum a thighe féin. B'e latha na Sàbaid a bh'ann; agus bha iognadh air muinntir na dùthcha, 'us iad a' dol dachaidh o'n t-searmoin, 'nuair a chunnaic iad boirionnach cho ro àrd, agus cho neo-sgiobalta 'na coslas, ag imeachd le Cinnseburg. Chuir e 'n aon oidhche so seachad gu cridheil leis an duin'-uasal shuairce so, a chaidh leis 'sa mhaduinn maille ri Flòra do Phort-rìgh; far an do dhealaich am Prionnsa riu le chéile, a' gabhail a chead diubh le caomhalachd mhor, agus na deòir a' ruith o 'shùilibh.-Caraid nan Gaidheal.

An Abaid Mhor.

('Sa Bheurla <eng>Westminster Abbey.<gai>)

Ma tha aite air thalamh tha na's cumhachdaiche na ait eile chum trom shoilleireachadh a thoirt do dhuine air amaideachd agus faoineis gloir an t-saoghail so, 's so an t-aite. 'Si so sgoil na h-irisleachd agus a' ghliocais! 'S ann an so tha buaidh Rìgh-nam-fiamh air a leigeil ris. Tha iomadh gaisgeach 'na luidhe san aite so, ach tha esan, gaisgeach an eagail, a' riaghladh an so. Tha an eaglais so mar ait aige anns a' bheil e a' leigeil ris a chumhachd-ann an so tha e 'tilgeadh tàir air morchuis agus gloir agus greadhnachas rìghrean! 'S ann a stigh an so a chi sinn cia faoin an ni uail na beatha! cia suarach cliu dhaoine, ainm ard-amaideachd nan amaideachd!

'S beag suim an duigh do dh'ùir na feadhnach so aig an robh rioghachdan aon uair fo'n smachd. Tha na h-eachdraidhean a bha air an uaighean an deigh tuiteam gu h-ùir-cha'n urrainnear eadhon ainmeannan nan daoine mora air son an do thogadh iad a leughadh-tha an cuimhne agus an eachdraidh air dol seachad, dìreach mar gu'm biodh iad air an sgriobhadh air gaineamh mhìn tràigh a' chladaich. Tha cuid do na togalaichean-cuimhne bu dreachmhoire san aite so air tuiteam gu smùr! Agus gidheadh tha daoine eile a' strìgh gu ainm ard a chosnadh, agus uaigh fhaotainn san aite so am measg muinntir urramach na talmhainn, anns a' bharrail ghòraich ged

dhichuimhnichnear càch, nach leigear an cuimhne fein gu dilinn an dichuimhn! Tha cuid an so a chaochail o chionn seachd ceud bliadhna, cuid o chionn ghoirid; ach air an aon latha, eiridh iad uile suas le cheile! C' ait a' bheil ciste-mhairbh nan righrean uaibhreach sin a thog barrachaoil na h-Eiphit mar aiteachan tiodhlacaidh dhoibh fein? Tha an uir air ceithir ghaothaibh nan speur, agus an cistean-mairbh air an giulan a thigh nan iongantas an Sasunn! Tha na h-uaighean agus na h-aiteachan tiodhlacaidh a's costala air a' bheil cunntas ann an eachdraidh an t-saoghail, 'nan laraichean briste, air spealgadh as a cheile, gun fhios co thog iad; agus an saoil sinn nach eirich an ni ceudna do'n Abaid mhoir sin air a' bheil sinn a nis a' labhairt. Tha'n t-am a' tighinn 'nuair thuiteas i 'na smur gu lar-an t-am 'nuair nach bi fuaim an orgain ard-teis nan clag-ceilearadh nan Salm, r'an eisdeachd innte! An aite sin bidh a' ghaoth le monmhur tursach r' a h-eisdeachd air feadh a laraichean briste-bidh a' chomhachag bhronach thiamhaidh a' togail a cronain mhuladaich air a' chloich a's airde dhi-bidh an eigheann uaine a' direadh suas ris na ballachan briste-bidh an eanntag, lus nam ban sith, meuran nan cailleach marbh, a' fas am measg nan leacan briste! Mar so tha mac an duine, gloir an t-saoghail so, agus gach greadhnachas cruthaichte a' seargadh as, agus a' dol seachad-tha 'eachdraidh agus a chuimhne mar sgeul a dh'innseadh!—Tormad Mac Leoid, D.D.

Tha plàigh a' sgrios mhiltean de'n t-sluagh anns na h-Innsean. Ré na seachduin a chriochnaich air an naodhamh la deug de'n Mhàrt thugadh air falbh da fhichead mìle coig ceud 's seachd air fhichead (40,527) pearsa leatha. Bha 'n àireamh sin mu sheachd mìle na bu mhò na 'n àireamh a bha caochladh seachduinean roimhe sin.

Bha tuiltean mora ann an Gleann Annapolis deireadh na seachduin s'a chaidh. Bha na h-aibhnichean a cur thairis agus ann an caochladh àitean bha an rathad-iaruinn air a chur fodha. Bha na tréineachan na'n tamh dha no tri làithean. Rinneadh call nach bu bheag air an rathad. Thòisich na h-uisgeachan ri traoghadh toiseach na seachduin so.

Tha an cogadh a dol air adhart mar bha e o chionn corr is mìos, na h-Iapanach a toirt ionnsuidh an drasda 's a rithist air Port Arthur, gun a dhol leatha cho math 's a dh' iarradh iad. Tha iad air gach ionnsuidh a feuchainn ri seann soithichean a chur fodha am beul na h-acarsaid air-son cabhlach Ruisia a chumail a stigh. Tha cuid de 'n bharrail gu bheil sin deante cheana, agus their cuid eile nach eil. Ach tha e fìor nach eil na soithichean Ruiseanach a tighinn a mach as an acarsaid, co-dhiu tha sin air aobharachadh leis an eagal no le cion a chomais. Cha 'n eil teagamh nach bi blar ann an uine ghoirid, aon chuid air muir no air tìr. Tha Ruisia a' sìor chur airm do Mhanchuria, ach tha 'n t-astar cho fada 's gu 'n teid uine mhor seachad mu'n urrainn dhi a h-armailtean a dhaighneachadh ann gu sabhailte. Cha robh Ruisia ullaichte air-son cogaidh. Bha an t-Iompaire 's iadsan anns a robh e 'g earbsa a lan chreidsinn nach rachadh Iapan a chogadh idir, uach robh i ach "mar mhagadh," a' feuchainn ri i-fein a neartachadh ann an sealladh an t-saoghail le

[TD 154]

[Vol. 12. No. 20. p. 2]

blar beoil a chumail ruas ri Ruisia fhad 's a bhiodh sin sabhailte. Air an aobhar sin dh' fhas luchd-ìonaid Ruisia na bu mhi-reusonta gach la mar bha 'dol seachad. Bu mhor an ioghnadh 'nuair nochd Iapan gu robh i a cheart da-rìreadh, nuair a ghairm i cogadh 's a thug i grad dheannal air a chabhlaidh chogaidh Ruiseanaich a' cuir aireamh de na soithichean bho fheum.

Bha am mìos Màirt cho fuar a reir fein 's a bha'n da mhios a chaidh roimhe. Bha t-sìde briagha, grianach a chuid mhor de'n ùine, ach bha reothadh is sneachda gu leòr ann. Tha pailteas sneachd air an làr fhathast, agus ged tha teas na gréine a' tòiseachadh ri cur ris gu dona, mur tig uisge mairidh na ròidean seachduin no dh' fhaodte ceithir-la-deug eile. Tha deigh nan acarsaidean 's nan lochan fhathast a' giùlain eich is shleigheachan. Tha na daoine is beachdaile 's a's fhearr cuimhne ag aontachadh nach robh leithid eile gheamhraidh so anns an dùthaich o chionn leth-cheud bliadhna. Ach ged bha e cruaidh, feumar a radh mu dheidhinn gu'm bu gheamhradh fallain e, cha robh moran tinneis air feadh na dùthcha idir, agus cha robh uiread dhaoine air an toirt air falbh leis a bhàs 's a bha air an toirt air falbh iomadh geamhradh roimhe a bha briagha blàth. Cha'n eil teagamh nach e 'n geamhradh fuar reòta a's nàdarra 's a's fhearr do'n dùthaich thuathaich so an deigh na h-uile rud.

Naidheachdan.

Bha Tomas Moriarty air a ghrad mharbhadh aig an obair-iaruinn air an ochdamh la deug de'n Mhàrt. Bha e cladhach an taobh cùirn de chloich-aoil, dh' fhuasgail a chlach agus thuit meall mor dhith air a mhuin. Nuair a fhuair e uige, bha e marbh. Bha e ochd bliadhna fichead a dh' aois, bhuineadh e do Charbonear, an Newfoundland, agus b'e 'n aon mhac a bh' aig a mhàthair a tha na bantraich a' fuireach 'san aite sin.

Bha Eadailteach 'sa bhaile so air a ghlacadh an là roimhe a dol dhachaidh le eallach chearc a ghoid e faisg air na <eng>Coke Ovens.<gai> Bha sia cearcan air a shiubhal, agus air-son an goid fhuair e sia mìosan prìosan. Bha goid chearc glé chumanta 'san sgìreachd sin o chionn treis a dh'ùine, agus fhuair am braidean creideas air-son barrachd meairle 's a chaidh a dhearbhadh air. Tha meairle chearc na cionta an-tromaichte aig a cheart àm so, agus bithidh gus an fàs na h-uighean beagan na's saoire.

Tha riaghladh baile na Méinne Tuatha a' cur gu cruáidh ri luchd-reic dibh-làidir. Bha àireamh mhor dhiu air an toirt gu ceartas re an da sheachduin s'a chaidh. Fhuair aon duine coig sumanaidhean 'san aon seachduin. Ma leanas iad an ruith sin cha'n fhada gus am bi luchd nan taighean-òil seachd sgìth dheth. A reir seanachais an duin'-

uasail a bha gu ruige so na fhear-casaid ann an Sidni Tuath, cha'n eil anns a bhaile sin a nis ach coig àiteachan deuga anns am bheilear a creic stuth làidir.

Faisg air Souris, an Eilein a Phrionnsa, air an treas la de'n Mhàrt, chaochail Seònaid Dhomhnallach, bantrach Uisdean Mhic Gilleathain, aig aois ceud is ceithir bliadhna. B' i gun teagamh an neach bu shine bh' air an eilein. Rugadh i an Uidhist a chinn a deas 'sa bhliadhna 1800. Phòs i nuair bha i ochd bliadhna fichead a dh' aois, agus bliadhn' air fhichead an deigh sin thainig an teaghlach air imrich do'n dùthaich so. Bha da cheud pearsa air an t-soitheach air an d' rinn iad an t-aiseag; bhris a bhreac a mach na'm measg agus b' ise an aon nach do ghabh an tinneas mharbhteach sin. Bha naodhnar chloinne aca, sianar nighean is ceathrar ghillean. Chaochail coignear 'san t-seann dùthaich; tha cheathrar eile beò fhathast agus na'n cinn theaghlaichean air an eilein. Tha'n aon mhac Domhnall, air an fhearann air 'n do shuidhich an teaghlach nuair thainig iad a nall.

Tha leth-cheud is tri fear-lagha ann an siorrachd Cheap Breatunn aig an àm so; ceithir deug air fhichead an Sidni, tri deug an Sidni Tuath, 's a sianar an <eng>Glace Bay.<gai> Mur bi ceartas air a roinn gu cothromach na'r measg. cha'n ann a chionn luchd-lagha 's luchd-ceartais a bhi gann.

Tha an t-àrd-riaghladh an deigh tri cheud 's tri fichead mìle dolair a chur air leth air-son obraichean a tha ri bhi air an cur air adhart ann an Ceap Breatuinn. De'n t-suim sin tha ceud 's sia mìle deug air fhichead dolair (\$136,000) ri bhi air a chosd ann an Sidni mu 'n rathad-iaruinn 's mu thigh na postachd 's na cusbuinn. Tha deich mìle dolair air-son acarsaid Inbhirnis, coig mìle deug air-son togalach cruin an <eng>Sydney Mines,<gai> agus da fhichead mìle 's a coig air-son aiseag an rathaid-iarruinn aig Caolas Chanso.

Chaidh fear Hubert Wood a ghrad mharbhadh anns a choille faisg air Maccan, an siorrachd Chumberland, air an t-seachduin roimh 'n té s'a chaidh. Bha e leagail craoibhe, agus an àm dhi bhi tuiteam chaidh e ga seachnadh, ach bhual i ann an seann stoc, 's thuit meanglan, ga bhualadh-san 'sa cheann 's 'ga ghrad mharbhadh. Bha e da bhliadhn' deug air fhichead a dh' aois; dh' fhàg e bantrach is aon duine cloinne. Bha cnapach gille anns a choille còmhla ris nuair a thachair an sgiorradh a chuir gu bàs e.

Ma theid a bhliadhna so mar tha dùil aig an àrd-riaghladh a theid i, thig mu cheud gu leth mìle de luchd-imrich do'n dùthaich mu'n teirig an samhradh s'a tighinn. Tha moran sluaigh deas gu tighinn á Breatunn 's as na Stàidean, an seòrsa luchd-àiteachaidh a's luachmhoire is urraiuin do Chanada fhaotainn. Tha moran de na tha airson tighinn ag iarraidh cosnadh, agus moran eile toileach fearainn a ghabhail no cheannach agus tòiseachadh air an cosd fein mar thuathanaich. Anns an iar-thuath thatar a meas gun cuirear feum air ceud mìle duine bharrachd air na th' anns na roinnean sin cheana air-son am bàrr a ghearradh 'sa bhualadh 's an gràn a chur gu margadh. An uiridh thainig ceud is coig mìle deug air fhichead de

luchd-imrich do'n dùthaich. Tha lan dhùil gu'n toir a bhliadhna so bàrr oirre.

Tha seann daoine Newfoundland gle dhòchasach a thaobh iasgach nan ròn air an earrach so. Chunnacas ioghnadh mor 'san speur o chionn ghoirid,—tri grianan—aon la mu mheadhon a a mhios Màrt. Chunnacas an sealladh ceudna earrach na bliadhna 1840, agus air an earrach sin bha barrachd ròn air an glacadh 's a bha air an glacadh bliadhna sam bith eile o'n thòisich eachdraidh na dùthcha. Co-dhiu bha no nach robh tri-filteachadh na greine air aobharachadh le lion-mhoireachd nan ròn, bidh na seann iasgairean a' creidsinn gu robh gus am faic iad a' chùis air atharrachadh.

Chuir Cuideachd an Iaruinn tomhas de stàilinn a null do Shasunn gus a bhi air a thionndadh gu <eng>rails.<gai> Tha fios air tighinn a nall gu bheil na <eng>rails<gai> a rinneadh cho math 's a tha air a' mhargadh. Bha am beachd na cuideachd muileann <eng>rails<gai> a thogail ann an Sidni; ni so iad na's deònaiche dhol air adhart leis an obair sin, agus thatar a deanamh mach gu'm bi iad a tòiseachadh ri togail na muilne gun dàil. Bheir sin obair do mhoran dhaoine bharrachd air na tha 'g obair an dràsda. Tha e furasda gu leòr <eng>rails<gai> a chreic, ach do'n chruaidh nach eil air a cur ann an cruth feumail tha e doirbh aig an àm so margadh fhaotainn.

AM MAC A B' OIGE.

Leis an Urr. Iain Mac Ruairidh

CAIBIDEAL VIII.

GED nach robh mi 'toirt làn-aonta 'nam inntinn do na thubhairt e, cha do chuir mi facal 'na aghaidh. Dh'fheumainn a leantuinn o nach robh fear-treòrachaidh na b' fhearr agam. Mar bu luaithe ruiginn mo cheann-uidhe 's e b' fhearr leam. Agus a bharrachd air a sin, cha do ghabh mi aig an àm ud an t-amhrus bu lugha gu 'n robh dad cearr fa near dha.

Suas mu naodh uairean 's an oidhche ràinig sinn an taigh-òsda. Cha robh sinn ùine sam bith ann an uair a chuireadh biadh air ar beulaobh. Ghabh sinn na thainig ruinn dheth, agus eadar meadhain-oidhche 's uair 's a' mhadainn dh' fhalbh sinn.

Ghabh sinn an toiseach troimh achaidhean feòir is arbhair; ach bha mise pailt cho sgèth a' dol troimh na h-achaidhean so 's ged a bhithinn a' siubhal troimh na monaidhean. Bha 'm feur agus am fochann faisge air a bhith cho àrd ris na glùinean againn. Agus a bharrachd air a' so, bha 'n dealta cho trom 's gu 'n robh ar casan cho fliuch 's a ghabhadh iad.

An dràsda 's a' rithist bha againn ri dhol troimh bhadan coille a bha gu math tiugh agus àrd, agus ged a bha 'n latha air soilleireachadh gu math aig an àm, bha dubhar na coille a' deanamh an àite cho dorcha 's ged nach biodh soilleireachd latha idir ann.

Mu dheireadh dh' fhàg ainn am fearann àitichte 'nar deigh, agus dhìrich sinn ri monadh a bha gu math àrd; ach bha e pailt cho soirbh ri 'choiseachd ris a' thomhnard troimh 'n robh sinn a' coiseachd greis mhath an deigh dhuinn falbh.

Bha 'ghrian air éirigh greis mhath mu 'n d' ràinig sinn bearradh a' mhonaidh, agus o'n a bha mise 'g am fhaireachadh fhin car sgìth, shuidh sinn greis a leigeadh ar n-analach, agus ghabh sinn rud dhe 'n bhiadh a thug sinn leinn as an taigh òsda.

Mu 'n do bhlaiss sinn air a' bhiadh, rinn mo chompanach altachadh fada mar bu ghnàth leis a dheanamh aig a h-uile greim béidh a ghabh mise 'na chuideachd. Cha 'n fhiosrach mi gu 'n cuala mi duine riamh a' deanamh altachaidh a bheireadh barr air.

An déigh dha crìoch a chur air an altachadh thug e placadh mhòr as a phòcaid, agus i luma làn uisge-bheatha. Thairg e dhomhsa deur dhe na bh' innte. Thug mi taing dha, agus thuirt mi ris nach robh mi 'g a ghabhail aig àm sam bith, agus gu 'n do gheall mi do m' athair mu 'n d' fhalbh mi o'n taigh nach blaisinn air ri mo bheò na 's lugha na bhithinn tinn, agus gu 'n òrdaicheadh fear-sgìle dhomh a ghabhail.

Ged a thairg e dhomh an t-uisge beatha, tha mi 'creidsinn gu 'n robh e pailt na bu toilichte mi 'g a dhiultadh na mi 'g a ghabhail. An oidhche roimhe sid, mu 'n d' fhalbh sinn as an taigh-òsda, ghabh mi amhrus gu'n robh e 'ga bhlasad gu math tric, oir dh' fhàs e anabarrach deas-bhriathrach; agus chuir e car de dh' ioghnadh orm gu 'm biodh duine air an robh coltas glé chràbhach, agus a dheanadh a leithid de dh' ùrnuighean agus de dh' altachaidhean fada déidheil air deoch làidir sam bith. Cha robh mi 'g a fhaicinn cearr dha blasad air an uair a bhiodh fìor fheum aig' air, gu sònraichte o'n a bha e 'na dhuine a ràinig meadhain aoise.

Cha robh a' bheag de chomhradh eadrainn fhad 's a bha sinn a' dol troimh 'n cheud chuid dhe 'n astar; ach fhad 's a bha sinn 'nar suidhe air bearradh a' mhonaidh a' leigeadh ar n-analach an deigh dhuinn ar biadh a ghabhail, bha e anabarrach aoidheil agus comhraideach.

Thug e greis air tarraim m' aire a dh' ionnsuidh na bha de nithean maiseach ri 'm faicinn ann an obair a' chruthachaidh. Agus gu cinnteach bha sealladh maiseach ri 'fhaicinn air a'

[TD 155]

[Vol. 12. No. 20. p. 3]

mhadainn ud bhar bearradh a' mhonaidh air an robh sinn 'nar suidhe. Bha 'n iarmailt gun sgò, gun cheò, gun smod; agus chitheadh duine aig am biodh deadh fhradharc, leis an t-sùil, nithean nach b' urrainn e fhaicinn iomadh lath' eile le glaine-amhairc. Bha aghaidh a' chruthachaidh mór-thimchioll fad mo sheallaidh cho tur-

dhealaichte o'n t-sealladh ris an robh mi cleachdte ann an dùthaich mo bhreith is m' àraich 's gu 'n robh mi 'smaointean aig an àm nach robh sealladh eile air ùr-uachdar an t-saoghail cho briagha ris an t-sealladh a bha fa m' chomhair. Bha na h-aonaichean agus na monaidhean cho maiseach 'nan cumadh, agus cho blàthar 'nan dreach 's nach b' urrainn mi gun a bhith 'gabhail beachd gu dlùth orra. Anns an ùr-mhadainn shamhraidh mar sid, an uair a bhios an iarmailt soilleir, agus an t-sìde ciùin, agus a bhoinne driùchd fhein air barr gach bileig feòir agus fochainn, tha aghaidh a' chruthachaidh ag amharc na 's maisiche, a rèir mo bharail-sa, na bhios i aig àm sam bith eile dhe 'n latha. Tha iadsan a dh' fhanas 'nan laidhe air an leapaichean gus am bi dòrn dhe 'n latha air a dhol seachad, agus mar sin nach fhaic aghaidh a' chruthachaidh an uair a tha i 'na làn-mhaise, a' call mòran de thoileachas-inntinn na beatha so. Ge b' e leis am math slàinte agus saoghal fada shealbhachadh, agus soirbheachadh aimsireil agus spioradail a bhith aige, éireadh e gu math moch 's a' mhadainn, agus gabhadh e beachd gu dlùth air aghadh a' chruthachaidh air a h-ùrachadh le fois, agus air a nigheadh le driùchd na h-oidhche.

An déigh dhuinn ar n-anail a leigeadh gu math, dh' fhalbh sinn. Bha sinn a' dìreadh mhonaidhean agus a' tearnadh bhealaichean fad na cuid bu mhò dhe 'n ùine gus an robh e aon uair deug dhe 'n latha, an uair a ràinig sinn taigh-òsda, a bha ri taobh an rathaid, ann an àite, a réir mo bharail-sa, a bha glé iomallach.

Gun mòran dàlach cuireadh biadh air ar beulaobh, agus bha sinn glé fheumach air. Thuirt mo chompanach gu 'n robh sinn gu fuireach ann gus an tigeadh am feasgar, o'n a bha 'n latha anabarrach teith. Bha mise cho toileach ris fhein air so a dheanamh; oir bha mi air mo chlaoidh gu mòr araon le cion cadail, agus mar an ceudna leis na rinn mi de choiseachd.

Chomhairlich mo chompanach dhomh mi fhin a leigeadh 'nam shìneadh ann an aon dhe na leapannan a bh' anns an taigh, agus greis chadail a dheanamh. Bha mi glè thoileach so a dheanamh, agus cha bu luaithe leig mi mi-fhin 'nam shìneadh na thuit mi ann an cadal trom.

Cha robh mi fada gun dùsgadh; agus an uair a dhùisg mi, chuala mi cath bruidhneadh ann an seòmar a bha faisge orm. Dh' aithnich mi guth mo chompanaich, agus thuig mi gu 'n robh e fhein agus an dithis a bha 'na chuideachd gu mach eòlach air a cheile. Ach ged a bha iad a' bruidhinn gu math àrd, cha b' urrainn domh a dheanamh am mach ciod air an robh iad a' bruidhinn.

Thug mi ceum am mach as an taigh, agus an uair a thug iad an aire dhomh troimh 'n uinneig, leag iad an guth gu mòr, agus mar sin, thuig mi nach robh toil aca gu 'n cluinninn facal dhe 'n chomhradh a bh' eatorra.

Cha do chuir so ioghnadh sam bith orm aig an àm, ach thuig mi air mo chosg fhin 'na dhéigh sid nach freagradh dhaibh an inntinn a leigeadh ris dhomhsa no do deach sam bith eile.

Cha robh mi fada 'spaisdearachd am muigh mu 'n dorus an uair a thainig iad am mach 'nan triùir, agus coltas orra nach robh iad glè réidh. Thòisich iad ri connsachadh gu teith, teann mu ghnòthaichean nach robh mise idir a' tuigsinn. Ged a bha fhios agam gu 'n robh iad ag òl cuideachd, cha robh aobhar agam a bhith 'smaointean gu 'm b' e na dh' òl iad a chuir gu connsachadh iad. Mu dheireadh is e 'thainig as a' chùis gu 'n robh iad air son a dhol a shabaid, Bha 'n dithis nach robh mi 'g aithneachadh air son a dhol le chéile sàs 'nam chompanach. Agus ged a bha e 'na dhuine air an robh coltas glé làidir, cha seasadh e fada ris an dithis a bha m' a choinneamh. Bha coltas cho borb agus cho aingealta orra le chéile ri dithis a chunnaic mi riamh. Agus bha ioghnadh gu leòr orm an uair a chunnaic mi gu 'n robh mo chompanach mar gu 'm biodh e coma co dhiubh a rachadh iad a' sàs ann, no nach rachadh. Cha b' urrainn domh an gnothach a bh' ann a thuigsinn. Uair a theirinn rium fhin nach robh iad ach a' feuchainn ri thoirt orm a chreidsinn gu 'n robh aimhreit theith air éirigh eatorra, agus uair eile theirinn rium fhin nach robh aobhar aig mo chompanach a bhith 'feuchainn ri leithid de mhealladh a chur air m' inntinn.

Bha mi 'nam sheasamh beagan astair uapa agus mi fo dhragh mòr air son na h-obrach a bh' aca. Ach an uair a chunnaic mi iad a' dol an sàs 'nam chompanach, thuig mi nach seasadh e fada riutha ged a b' e bu choltaiche agus bu treise na h-aon dhe 'n dithis. Mar a tha 'n seanfhacal ag radh: "Is olc an dithis nach fhoghainn do dh' aon duine."

An uair a chunnaic mi mo chompanach 'na shìneadh aca, ghrad chaidh mi g'a theanacsa uapa; ach ma chaidh, fhuair mi buille ann an taobh a' chinn a chuir bodhradh 'nam chluais, agus a leag air an talamh mi. Mar a tha 'n seanfhacal ag radh: "Bidh dòrn aig fear na h-eadraiginn."

An àite miapadh a ghabhail, is ann a rinn a' bhuile a fhuair mi mo bhrosnachadh gu mor. Cha bu luaithe 'dh' èirich mi 'nam sheasamh na thug mi buille mhath no dhà do 'n fhear a bha air muin mo chompanaich.

Anns an àm leum fear an taigh-òsda 'mach as an taigh, agus an uair a rug e air ghualainn orm, thuirt e: "Cum do làmh air ais, 'ille òig. Tha e tuilleadh is tràth dhut a dhol a shabaid, oir cha 'n aithne dhut sabaid a dheanamh."

Agus an sìn thionndaidh e ri càch agus thuirt e riutha, gu 'm bu ghnòthach glé nàr do dhaoine air an robh coltas a bhith tùrail, tuigseach a dhol a shabaid gun aobhar sam bith. "Is ann a tha sibh uile coltach ris na ceardanan," ars' esan. An uair a mhaidh e orra gu garg 'nan triuir, dh' fhan iad samhach, agus leig iad orra gu 'n robh iad an deigh aithreachas a ghabhail.

Thog an dithis a bha toileach droch laimhseachadh a thoirt do m' chompanach orra, agus dh' fhalbh iad.

Thuirt mo chompanach rium gu 'm b' fhearr dhuinn fuireach far an

robh sinn gus an tigeadh am feasgar anamoch air eagal gu 'n deanadh an dithis a dh' fhalbh tòrachd oirnn. "Cha 'n 'eil earbsa sam bith ri chur annta," ars esan. "Cha b' e 'n diugh a' cheud latha 'thachair iad riumsa, agus a chur iad dragh gu leòr orm. Nam faigheadh iad greim oirnn air an oidhche, cha rachainn mionaid an urras nach tugadh iad uainn a h-uile sgillinn a th' againn ris an t-saoghal, agus nach fàgadh iad leith marbh sinn."

Mar a bha nàdarra gu leòr, chreid mi a h-uile facal a thubhairt e; agus o'n a dh' innis e dhomh gu 'n robh suim mhath airgid air a shiubhal, cha robh ioghnadh sam bith orm ged a bha eagal air gu 'n rachadh ar spùinneadh le cheile.

Mu dhol fodha na gréine dh' fhalbh sinn as an taigh-òsda. Agus an uair a rinn sinn mìle no dhà de dh' astar air an rathad mhòr, thuirt e rium: "Feumaidh sinn gun dàil bristeadh bhar an rathaid mhòir agus aithghearrachd a ghabhail, araon a chum na tha romhainn dhe 'n astar a dheanamh na 's giorra, agus mar an ceudna, a chum car-ma-chnoc a dheanamh air na fir ud."

Cha robh mise deònach so a dheanamh idir; ort thuirt mi ris gu 'm b' fhearr rathad fada glan na rathad goirid salach. Ach an uair a chuir esan roimhe gu 'm gabhadh e an aithghearrachd, b' eiginn domhsa a leantuinn, ar neo tilleadh air ais.

Lean mi e glè aindeonach, agus mar a bha sinn a' dol air aghart ceum air cheum, thòisich mi ri gabhail amhruis gur ann a bha e air thuar lion mo mhillidh a chur mu m' chasan. Cha robh facal a' tighinn a ceann fir seach fir dhinn.

An uair a bha e dlùth air meadhain oidhche, thòisich sinn ri tearnadh bhar a' mhonaidh sìos do ghleann mòr anns an robh baideanan chaorach a' tachairt ruinn an dràsta 's a' rithist. Mu dheireadh rainig sinn fang, agus aig an fhang bha taigh fada anns am biodh an tuathanach a' smeuradh nan caorach. Thuirt mo chompanach rium gu m' b' fhearr dhuinn feuchainn ris na bha romhainn dhe 'n oidhche a chur seachad anns an taigh ud, o'n bha sinn gun a' bheag a chadal a dheanamh an oidhche roimhe sid, agus o'n a bha coltas an uisge mhòir air an oidhche.

Dh' aontaich mi gu toileach so a dheanamh. Fhuair sinn a steach troimh uinneig, agus dhìrich sinn thun na lobhtadh air am biodh na smeuradairean a' cadal, agus leig sinn sinn-fhin 'nar sìneadh air bùird-urlair na leapadh.

Ma chaidil no nach do chaidil esan, cha 'n 'eil fhios agamsa. Ach thuit mise ann an cadal trom mu 'n do thàrr mi ach gann mo cheann a leagadh air a mhàileid.

B' e 'cheud dhusgadh a bh' agam a bhith 'faireachadh dithis dhaoine 'deanamh ceangal nan trì chaol orm. Ach ged a rinn mi spreathartaich is glaothaich gu leòr, chaidh aca air mo cheangal. Thug iad uam a' mhàileid agus a h-uile bonn airgid a bh' air mo shiubhal, agus dh' fhàg iad an sid mi.

(Ri leantuinn.)

MAC IAIN DIRICH.

(Air a leantuinn.)

AGUS b' eiginn do Mhac Iain Dìrich falbh, 's an uair a bha e mar bheagan do thaobh na mara, choinnich an gille màirtean air, 's thubhairt e ris, "Beul sìos ort a Mhic Iain Dìrich, cha do rinn 's cha dean thu mar a dh' iarras mise ort; is eiginn duinn an nis dol do'n Fhraing. Ni mise mi fhein ann a'm' long, 's rach thusa air bòrd, 's cha'n fhada bhios mise gus an toir mi do 'n Fhraing thu."

Chuir an gille-màirtean e fhein ann an riochd long, 's chaidh Mac Iain Dìrich air bòrd oirre, 's sheol an gille màirtean do'n Fhraing leis, 's ruith e e-fhein an aird ri aodann creige air tìr tioram, 's thubhairt e ri Mac Iain Dìrich e a dhol an aird gu tigh an rìgh a dh' iarraidh cobhair 's e a radh, gu 'n deachaidh an sgioba a chall, 's an long aige a thilgeadh air tìr. Chaidh Mac Iain Dìrich gu tigh an rìgh, 's bhuaill e aig an dorus, thainig a h-aon a mach a dh' fhaicinn co a bha ann, dh' innis e a sgeul, 's chaidh a thoirt a stigh do 'n lùchairt; dh' fharraid an rìgh dheth, cia as a bha e, 's gu-dè a bha e deanamh an so. Dh' innis e sgeul na truaighe dhaibh, - gu 'n d' thainig stoirm mhòr air, 's gun deachaidh an sgioba a bh' aige a chall, 's an long a bh' aig a thilgeadh air tìr tioram, 's gu 'n robh i an sìod, air a cuir an aird ri aodann creige, leis na tonnan, 's nach robh fios aige gu dé mar a gheibheadh e as i.

Chaidh an rìgh 's a' bhanrìgh, 's an teaghlach

[TD 156]

[Vol. 12. No. 20. p. 4]

gu leir, gus a chladach, a dh' fhaicinn na long, 's an uair a bha iad ag amharc na luing, thòisich ceol anbharr a binn air bòrd. Agus chaidh nighean rìgh na Frainge air bòrd a dh' fhaicinn an inneal chiùil, comhla ri Mac Iain Dìreach; 's an uair a bhitheadh iadsan ann an aon seombar bhitheadh an inneal-chiùil ann an seombar eile. Ach mu dheireadh chualas an ceol air clar uachdair na luinge, 's chaidh iad an aird, air clar uachdair na long; agus sann a bha an long, a mach air a' chuan á sealladh tìr.

Thubhairt nighean rìgh na Frainge, "Is olc an cleas a rinn thu orm. Càit am bheil thu los dol leam?"

"Thà," thubhairt Mac Iain Dìrich, "mi a' dol leat do dh' Eirinn, gus do thoirt mar mhnaoi do rìgh Eirinn, 's gum faigh mise uaidhsan an fhàlaire bhuidhe aige, gus a thoirt do mhnathan mòra Dhiùrath, 's gu faigh mi uapasan an claidheamh geal soluis aca, gus a thoirt do fhamhair mòr nan coig cinn, nan coig mill, 's nan coig muinealan, 's

gu'm faigh mi uaidhsan an t-seabhag ghorm aige, gus a toirt dachaidh a dh' ionnsaidh mo mhuime, 's gu'm faigh mi saor o m' chrosan, 's o m' gheasan, 's bho dhroch eusan na bliadhna."

Agus thubhairt nighean rìgh na Frainge, "B' fhearr leamsa a bhith mar mhnaoi agad fein."

Agus tra thainig iad gu tìr aig Eirinn, chuir an gille-màirtean e fein ann an riochd mnaoi bhriagh, 's thuirt e ri Mac Iain Dìrich, "Fàg thusa nighean rìgh na Frainge ann an so gus an till sinn; 's theid mise leat gu rìgh na h-Eirionn; 's bheir mise a dhìol mnatha dha."

Chaidh Mhac Iain Dìrich 's an gille-màirtean gu tigh rìgh na h-Eirionn, 's an gille-màirtean ann an riochd nighean bhriagh, 's a laimh ann an asgailt Mhic Iain Dìrich. Tra chunnaic rìgh na h-Eirionn iad a' tighinn, thainig e 'nan coinnimh, thug e a mach an fhàlaire bhuidh agus diolaid òir air a druim, 's srian airgid as a ceann. Dh' fhalbh Mac Iain Dìrich leis an fhàlaire, far an robh nighean rìgh na Frainge. Bha rìgh Eirinn ro thoilichte leis a' mhnaoi òg a fhuair e; 's bha cho beag foighidin aige, 's gu 'n robh e a los dol a luidhe leatha mu'n d' thainig an oidhche. Chaidh leaba a dheanamh deas daibh, 's chaidh iad a luidhe, ach is beag fios a bha aig rìgh Eirinn gu 'm b'e an gille màirtean a bha aige. 'S cha robh iad fada nan luidh, gus an do leum an gille màirtean air an rìgh, 's cha d' fhàg e mìr feoil eadar cùl a mhuineil 's a bhunamhàs, nach tug e dheth.

Dh' fhalbh an gille-mairtean, 's dh' fhàg e rìgh na h-Eirionn na ablach truagh leònta, 's chaidh e 'na ruith far an robh Mac Iain Dìrich 's nighean rìgh na Frainge, 's an fhàlaire bhuidhe. Thuirt an gille-màirtean, "Theid mise an riochd long, 's rachadh sibhse air bòrd oirre, 's bheir mi gu Diùrath sibh."

Dh' fhàs e ann an riochd long, 's chuir Mac Iain Dìrich an fhàlaire bhuidh a stigh an toiseach 's chaidh e fhein 's nighean rìgh na Frainge a stigh as a déigh. Agus sheol an gille-màirtean leo gu Diurath 's chaidh iad air tìr aig creag nan deargan, aig Cille-mhoire, aig ceann mo thuath Dhiùrath. 'S tra chaidh iad air tìr, thubhairt an gille-màirtean, "Fag thusa an fhàlaire bhuidh, 's nighean an rìgh ann an so gus an till thu, 's theid mise ann an riochd fàlaire, 's theid mi leat gu mnathan mòra Dhiùrath, 's bheir mis' an diol falaireachd dhaibh."

Chaidh an gille-màirtean ann an riochd falaire; chuir Mac Iain Dìrich an diolaid òir air a dhruim, 's an t-srian airgid na cheann, 's chaidh e a dh' ionnsaidh seachd mnathan mòr Dhiùrath leis. Nuair a chunnaic na seachd mhathan mòr e a' tighinn, thainig iad na choineamh leis a chlaidheamh gheal-sholuis, 's thug iad da e. Thug Mac Iain Dìrich an diolaid òir far druim a' ghille-mhàirtean, 's an t-srian airgid as a cheann, 's dh' fhàg e aca e, a's dh' fhalbh e fhein leis a chlaideamh gheal-sholuis, 's chaidh e far an d' fhàg e nighean rìgh na Frainge, 's an fhàlaire bhuidh a fhuair e o rìgh na h-Eirionn. Agus shaoil mnathan mòr Dhiùrath, gu'm b'e falaire bhuidh

rìgh na h-Eirionn a fhuair iadsan, 's bha cabhaig mhòr orra gu dol g'a marcachd. Chuir iad diolaid air a druim, 's shrianaich iad a ceann, 's chaidh te dhiubh an aird air a druim, gus a marcachd, chaidh tè eile an aird air cùlaobh na te sin, 's te eile aig cùlaobh na te sin, 's bha daonnan rùm air son te eile ann, gus h-aon an deigh h-aon gu'n deachaidh na seachd mnathan mòr air druim a' ghille-mhàirtain, 's dùil aca gu'm b'e an fhàlaire bhuidh a bhà aca.

Thug te dhiubh buille le slait do'n ghille mhàirtean, 's ma thug, ruith is roideasairich e air ais 's air aghaidh leo, air feadh a mhonaidh, 's mu dheireadh chaidh e 'na leum-ruith, an aird thun mullach monadh Dhiùrath, 's rainig e mull-aodann na creige mòr' a tha ann an sin, 's chàraich e aghaidh ris a chreige, 's chuir e a dhà chas toisich ri beulaobh na creige, 's thilg e an aird a cheann deiridh 's thilg e na seachd mnathan mòr thar a' chreig, agus dh' fhalbh e a' gàireachdaich, 's rainig e far an robh Iain Direach 's nighean rìgh na Frainge leis an fhàlaire bhuidh agus an claidheamh geal-soluis.

Thubhairt an gille-mairtean, "Cuiridh mise mi fhein ann an riochd bàta, 's rach fein agus nighean rìgh na Frainge air bòrd, a's thugaibh leibh an fhàlaire bhuidh, 's an claidheamh geal soluis, 's bheir mise gu tìr mòr sibh."

Chuir an gille mairtean e fhein ann an riochd bàta; chuir Mac Iain Dirich an claidheamh geal-soluis 's an fhàlaire bhuidh air bòrd, 's chaidh e fhein 's nighean rìgh na Frainge a stigh air bòrd as an deigh, 's chaidh an gille mairtean gu tìr mòr leo. Nuair a rainig iad tìr, chuir an gille-mairtean e fhein na riochd fein, 's thubhairt e ri Mac Iain Dirich. "Fàg thusa nighean rìgh na Frainge, an fhàlaire bhuidh o rìgh Eirinn, 's an claidheamh geal soluis ann an sin, 's theid mise ann an riochd claidheamh geal soluis, 's thoir thusa a dh' ionnsaidh an fhamhair mi, 's thoir thusa dha mi air son na seabhaig, 's bheir mise 'dhìol claidheamh dha." Chuir an gille mairtean e fein an riochd claidheamh geal soluis, 's thug Mac Iain Dirich leis e a dh' ionnsaidh an fhamhair. 'S tra a chunnaic am fhamhair e a' tighinn chuir e an t-seabhag ghorm ann am mùrlag, 's thug e do Mac Iain Dirich i, 's dh' fhalbh e leatha gus far an d' fhàg e nighean rìgh na Frainge, an fhàlaire bhuidh, 's an claidheamh geal solus.

Chaidh am fhamhair a stigh leis a' ghille-mhàirtean 'na laimh, 's e fhein a' saoil sinm gu 'm b' e claidheamh geal solus mnathan mòra Dhiùrath a bha aige. 'S thoisich e air fionnsaireachd 's air sguaiseal leis; ach ma dheireadh, lùb an gille mairtean fhein, agus sguids e na còig cinn far an fhamhair, 's chaidh e far an robh Mac Iain Dirich 's thubhairt e ris. "A Mhic Iain Dirich, cuir an diolaid òir air an fhàlaire, 's an t-srian airgid na ceann, 's rach fein ga marcachd, 's thoir nighean rìgh na Frainge aig do cùlaobh 's an claidheamh geal soluis, 's a chùl ri d' shròin. Air nèò mar bi thu mar sin, tra chì do mhuime thu, tha sealladh aic' a tha cho nimh is gu'n gon i thu, 's tuitidh tu ann a'd' chual chrìonaich; ach ma bitheas cùl a chladheimh ri d' shròin, 'sam faobhar rithse, an uair a dh' fheuchas i ri do ghonadh, tuitidh i fein 'na cual chrìonaich."

Rinn Mac Iain Dìrich mar a dh' iarr an gille-màirtean air, 's an uair a thainig e an sealladh an taigh, 's a sheall a mhuime air le sùil nimheil, ghòimheil, thuit i 'na cual chrìonaich; 's chuir Mac Iain Dìrich teine rithe, 's bha e an sin saor o eagal, 's bha aige a' bhean a b' fhearr an Albainn, 's bha an fhàlaire bhuidh cho luath 's gu'm fàgadh i an darna gaoith, 's bheireadh i air a' ghaoith eile, 's chumadh an t-seabhag ghorm am pailteas sithinn ris, 's chumadh an claidheamh geal-soluis air falbh gach nàmhaid, 's bha Mac Iain Dìrich gu socrach, sona dheth.

Thuirt Mac Iain Dìrich ris a' ghille mhàirtean, "'S e do bheatha 'ille-mhàirtean gu dol feadh mo ghrùnnd 's beothach air bith a shanntaicheas tu fein a ghabhail a thoirt leat, 's bheir mise àithne do m' ghillean, nach tilg iad saithead, 's nach marbh iad tu fein no gin do d' àl, ge b' e aon do'n treud a bheir thu leat."

Thubhairt an gille-màirtean, "Gleidh thusa do threud dhuit fein, is iomadh fear aig am bheil muilt a's caoirich cho math 's a tha agadsa, 's gheibh mise am pailteas feoil an àite eile gun tighinn a chuir dragh ortsa." Agus thug an gille-màirtean beannachd le Mac Iain Dìrich agus dh' fhàlbh e, agus theirig an sgeul.

Robinson Crusoe.

CAIBIDEAL XVI.

CHA d' fhag mi dorus air a' challaid idir. Gus faotainn am mach 's a steach oirre uair sam bith a thograinn, rinn mi faradh goirid a rachadh agam air a thogail thairis air a barr. Air an oidhche an uair a bhithinn a' dol a ghabhail mu thamh thogainn leam am faradh a steach, agus chuirinn e far nach ruigeadh neach sam bith air a thigeadh an rathad. Mar so bha mi gu sabhaile fo dhion o gach creutair a dh' fhaodadh tighinn an rathad gus dragh a chur orm, agus anns an oidhche bha mi 'cadal gu samhach, socrach, gun churam, gun eagal roimh namhaid sam bith. Ach mar a fhuair mi mach 'na dheigh sid, cha robh aobhar agam a bhith cho mi-shuaimhneach sid le eagal roimh naimhdean agus gun naimhdean ann.

Do 'n aite dhaimhnichte so thug mi steach, le mor-shaothair, a h-uile rud a bhuineadh dhomh ris an t-saoghal. Agus rinn mi tent mor dhomh fhin. Gus gu 'm biodh e dionach gu leor an uair a thigeadh uisgeachan troma na bliadhna, rinn mi dubailt' e; sin ri radh, bha 'n tent beag air a thogail ann am broinn an tent mhoir. Chomhdaich mi an tent mor leis an aodach thearradh a thug mi as an luing.

Na dheigh so cha do laidh mi anns an leabaidh a rinn mi an toiseach, ach anns a' h-amaic a thug mi as an luing. Bha h-amac so gle mhath, oir b' ann aig met na luinge a bha i.

Thug mi na bha agam de bhiadh gu leir, agus a h-uile rud eile a ghabhadh milleadh leis an uisge, do 'n tent. Agus an deigh dhomh so a dheanamh, dhuin mi am bealach a dh' fhag mi air a' challaid, agus

mar a dh' ainmich mi mar tha, bha mi 'dol am mach agus a' tighinn a' steach air a' challaid leis an fharadh.

An uair a chuir mi crìoch air a' so, thoisich mi ri cladhach a steach fo'n chreig, agus bha mi 'cur na h-urach agus nan clach a bha mi 'toirt as, an taobh a staigh dhe 'n challaid, gus, mu dheireadh, an robh troidh gu leith air an talamh dhe 'n uir dhe na clachan so. Air an doigh so rinn mi

[TD 157]

[Vol. 12. No. 20. p. 5]

uamha air cul an tent, agus bha i 'na taigh-stodhair agam.

Chaith mi moran laithean ris an obair so, agus chosg mi moran saothreach rithe mu 'n do chuir mi crìoch oirre. Agus a nis feumaidh mi iomradh a thoirt air nithean eile a bha togail m' aire aig an am.

An deigh dhomh an tent a thogail agus an uamha a dheanamh, thainig stoirm agus uisge trom. Dhubh na speuran agus thoisich dealanaich is tairneinich a bha uamhasach. Cha do chuir so uiread de dh' uamhas orm 's a chuir a bhith 'smaointean air a' chunnart anns an robh mo chuid fudair. "Oh mo chuid fudair," arsa mise. Thuit mo chridhe an uair a smaoinich mi gu 'm faodadh mo chuid fudair gu leir a dhol 'na lasair ann an tiotadh. Bha am fudar ro fheumail dhomh, cha b' ann a mhain gus mo dhion o chunnartan, ach mar an ceudna gus biadh fhaotainn domh. Cha robh a leith urad de dh' eagal orm mu m' dheidhinn fhin 's a bh' orm mu dheidhinn an fhudair.

Rinn so a leithid de dhrughadh orm aig an am 's gu 'n do chuir mi romham gu 'n cuirinn dail anns gach obair fheumail eile a bha agam ri dheanamh, agus gu 'n cuirinn mo chuid fudair ann an aite sabhailte. Rinn mi pocannan agus bocsaichean gus am fudar a chur annta a chum, ciod sam bith a thachradh gu 'm biodh am fudar sabhailte, agus nan tachradh gu 'n rachadh cuid dheth 'na theine, gu 'm biodh a' chuid eile dheth sabhailte.

An deigh dhomh a bhith 'g obair gu trang fad cheithir latha deug fhuair mi deiseil pailt coig fichead soire eadar phocannan is bhocsachan, agus chuir mi na bh' agam a dh' fhudar annta. Tha mi 'smaointean gu 'n robh mu dha cheud is da fhichean punnd fudair agam gu leir. O nach robh mi 'smaointean gu 'n eireadh beud do 'n bharrailte anns an robh am fudar a fhuair beagan fliuchaidh, chuir mi anns an uamhaidh e mar a bha e. Chuir mi an corr dhe 'n fhudar ann an tuill an sid 's an so anns a' chreig, far nach ruigeadh fliuchadh air, agus chuir mi comharradh air a h-uile aite anns an do chuir mi e.

An uair a bha mi ris an obair so, bha mi 'dol greis uair 's an latha am mach le mo ghunna air son cur seachad uine dhomh fhin, agus feuch am faighinn biadh, agus mar an ceudna, feuch am faicinn ciod a bha

ri 'fhaotainn anns an eilean. A' cheud uair a chaidh mi am mach, thuig mi gu 'n robh gobhair anns an eilean, agus thug so toileachadh mor dhomh. Ach thug mi an aire gu 'n robh iad anabarrach fiata, seolta, agus cho luath-chasach 's gu 'n robh e anabarrach doirbh faotainn dluth gu leor dhaibh. Ach cha d' thug so mo mhisneach uam, oir cha robh teagamh agam nach fhaighinn cothrom uair is uair air aon diubh a mharbhadh; agus fhuair mi sin; oir an deigh dhomh fhios fhaotainn air far am bu ghnath leotha 'bhith 'tathaich, rinn mi feall-fholach orra anns an doigh so: thug mi an aire gu 'n teicheadh iad gu luath do na creagan na 'n tachradh dhaibh m' fhaicinn air a' chomhnard; agus na 'n tachradh dhaibh m' fhaicinn anns na creag an uair a bhiodh iad fhein air a' comhnard, cha chuireadh iad uidheireachd sam bith orm. Uaithe so thuig mi gu 'n robh sealladh an sul air a leithid de dhoigh 's nach d' thugadh iad an aire do nithean a bhiodh na b' airde na iad, a leith cho math 's a bheireadh iad an aire do nithean a bhiodh na b' isle na iad. 'Na dheigh so b' e an doigh a ghabh mi, direadh suas anns na creagan, agus an sin bha mi 'faotainn deadh chothrom orra.

A' cheud uair a loisg mi air na creutairean so thachair gur e gobhar bhoirionn a mharbh mi. Bha meann beag comhladh rithe a bha 'ga deothal. Bha mo chridhe goirt air son a' chreutair bhig so. An uair a thuit a' ghobhar sheas am meann gu socrach ri 'taobh gus an d' thainig mi agus an do thog mi i. Agus cha b' e mhain so, ach an uair a ghiulainn mi an t-seana ghobhar leam air mo ghualainn, lean am meann mi gus an d' rainig e a' challaid. Thog mi steach leam e do 'n challaid, agus mi 'smaointean gu 'n deanainn peata dheth; ach cha 'n itheadh 's cha 'n oladh an creutair bochd dad. Agus an uair a chunnaic mi nach biodh e beo, mharbh mi e, agus dh' ith mi e.

Chum a' ghobhar agus am meann feoil rium car uine mhath; oir cha robh mi ag itheadh ach cho beag 's a' b' urrainn domh. Bha mi 'caomhnadh an arain cho math 's a dh' fhaodainn.

An deigh dhomh m' aite comhnuidh a chur air doigh cho math 's a b' aithne dhomh, chunnaic mi gu 'm feumainn aite teine a dheanamh, agus gu 'm feumainn connadh fhaotainn. Ach aig an àm so cha toir mi iomradh air mar a rinn mi aite teine, mar a mheudaich mi an uamha, agus a h-uila goireas eile a rinn mi, ach bheir mi seachad lan-chunntais mu 'n deidhinn 'na dheigh so. Ach mu 'n teid mi na 's fhaide air aghart, innsidh mi mu dheidhinn nan smaointeanan a bha 'g eiridh suas 'nam inntinn mu m' thimchioll fhin, agus mu thimchioll mar bu choir dhomh mo bheatha 'chaitheamh agus, mar a dh' fhaodar a thuigsinn, bha na smaointeanan so gu math lionmhor.

Bha mi 'gabhail fìor dhroch shealladh air mo shuidheachadh. Bha mi air eilean a bha fada fad' air falbh o 'n t-slighe air am biodh loingeis an t-saoghail a' seoladh, air do 'n luing air an robh mi bhith air a fuadachadh le stoirm ro laidir bhar a' chursa air am bu ghnath le luchd-falbh na mara 'bhith tathaich. Agus bha mi 'g am deanamh fhin cinnteach gu 'n robh e suidhichte ann an run siorruidh Dhe, gu 'n robh mi gus na bha romham dhe mo bheatha chaitheamh 'nam onar air an eilean fhasail ud, agus gus crìoch a chur air mo bheath' anns an t-suidheachadh aonaranach anns an robh mi.

An uair a thigeadh na smaointeanan so a steach orm, bhithinn a' sileadh nan deur gu frasach. Agus bu tric leam a bhith 'smaointean, c'ar son a bha am freasdal air an doigh so a' cur chreutairean ann an suidheachadh truagh, trioblaideach, gun chuideachadh, gun chomhnadh o neach sam bith. B' ainneamh leam a bhith cho taingeil 's bu choir dhomh air son nam beannachdan a bha mi sealbhachadh.

Ach bha smaointeanan eile gu tric a' tighinn a steach orm, agus 'g am chronachadh. Gu sonraichte, air lath' araidh, agus mi falbh ri bruaich a' chladaich agus mo ghunna fo m' achlais, bha mi gle throm-inntinneach mu dheidhinn an t-suidheachaidh anns an robh mi. Ach thog reusan a ghuth an taobh a staigh dhìom, agus thuirt e mar so: "Seadh, tha e fìor gu leor gu 'm bheil thu air eilean fasail. Ach, cuimhnich, guidheam ort, c'aite am bheil na daoine a bha comhladh riut anns an luing? Nach deachaidh aon duine deug do 'n bhata? C'aite am bheil an deichnear eile? C'ar son nach robh iadsan air an tearnadh, agus thusa air do chall? C'ar son a chaidh thusa a ghleidheadh beo? Co dhiubh is fhearr dhut a bhith beo air an eilean fhasail so, na bhith baithte ann an grunn d' a' chuain?" Agus an sin shin mi mo lamh ris a' chuan.

Tha gach olc a thig an rathad duine ri bhith air a thoirt fa near maille ris a' mhaith a tha 'na fhochar.

CAIB. XVII.

'Na dheigh sid thoisich mi ri toirt fa near cho math agus cho pailt 's a bha an t-ullachadh a bh' agam air a dheanamh air son mi-fhin a chumail suas, agus bha mi 'smaointean air an t-suidheachadh through anns am bithinn nan do thachair dhomh tighinn air tir 's gun dad dhe na bh' anns an luing agam. Dh' fhaodadh so a bhith air tachairt. Agus thug mi fa near mar an ceudna gu 'n do chuir a' ghaoth agus an fhairge an long cho dluth air tir 's gu 'n d' fhuair mi cothrom agus uine air na nithean ud gu leir a thoirt aisde. Ciod a bhiodh air tachairt dhomh nam biodh agam ri feuchainn ri bhith beo anns an t-suidheachadh anns an d' thainig mi air tir an toiseach, gun bhiadh gun aodach agam, no doigh air biadh is aodach fhaighinn?

Gu sonraichte, thuirt mi rium fhin, agus mi 'togail mo ghuth, ciod a dheanainn gun ghunna, gun fhudar is luaidhe, gun inneallan gu rud sam bith a dheanamh, a chuirinn umam, no aodach-laidhe, gun tent, no doigh air dion is fasgadh a chumail orm fhìn?

Agus a nis o 'n a bha na nithean so gu leir agam ann am pailteas, agus o 'n a bha chuis coltach gu'n rachadh agam air mi-fhin a chumail suas an deigh do 'n fhudar 's do 'n luaidhe teirigeachdainn, bha mi 'faicinn gu 'n robh aobhar agam air a bhith taingeil, toilichte. Mar so bha h-uile coltas gu 'm faighinn mo lon, agus nach biodh eis sam bith orm fhad 's a bhithinn beo. O 'n fhìor thoiseach thug mi fa near cia mar a dheanainn ullachadh an aghaidh nan tubaistean a dh' fhaodadh tachairt dhomh anns an am a bha ri teachd, cha b' ann a mhaigh an deigh do 'n fhudar 's do 'n luaidhe teirigeachdainn, ach eadhoin an deigh do m' neart 's do m' shlainte

failneachadh.

Tha mi 'g aideachadh nach do smaoinich mi idir an toiseach gu 'm faodadh mo chuid fudair gu leir a dhol 'na theine leis an tein'-adhair, agus an uair a thoisich dealanaich is tairneanaich, mar a dh' ainmich mi mar tha, ghabh mi ioghnadh nach do smaoinich mi air a' chuis roimhe sid.

Agus a nis o 'n a tha mi dol a thoirt cunntais mhuladach seachad air an doigh aonaraich anns an do chaith mi mo bheatha air an eilean fhasail ud-doigh ma dh' fhaoidteadh na 's aonaranaiche na chualas riamh roimhe anns an t-saoghal, toisichidh mi aig an toiseach, agus cuiridh mi sios mo naigheachd ann an ordugh.

A reir na cunntais a bha mi cumail, b' ann air an deicheamh latha fichead de mhios meadhanach an fhoghair 's a' bhliadhna 1657, mar a dh' ainmich mi roimhe so, a chuir mi an toiseach mo chas air tir anns an eilean oillteil ud. B' e sid am stoirmeannan an fhoghair, agus anns an aite ud bha 'ghrian ann an cridhe a' mheadhain-latha dìreach os cionn mullach mo chinn. Mar a dh' ainmich mi mar tha, bha 'n t-eilean beagan astair a tuath air meadhain an t-saoghail.

An deigh dhomh a bhith mu dheich no dusan latha air an eilean bhuail e anns an inntinn agam gu 'm faodadh gu 'n caillinn cunntas air mar a bha 'n uine dol seachad, o nach robh leabhraichean is peannd is inc' agam, agus nach biodh fhios agam co e Latha Sabaid seach laithean obrach na seachdain. Ach gus mo chumail ceart, chuir mi maide mor 'na sheasamh anns an talamh aig a' chladaich far an d' thainig mi air tir, agus ghearr mi air ann an litrichean mora leis an sgein na briathran so: "Thainig mi air tir an so air an deicheamh latha fichead de Sheptember, 1695."

Air taobhann a' mhaide so (agus rinn mi ceithir-chearnach e mu 'n do chuir mi suas e) ghearr mi eag a h-uile latha leis an sgein, agus a h-uile seachdamh latha ghearr mi eag a bha moran na b' fhaide 's na bu doimhne na na h-eagan eile. Agus air a' cheud latha dhe gach mios bha mi 'gearradh eagan a bha na b' fhaide na eagan na

[TD 158]

[Taobh-duilleig 153 san leabhar fhèin]

[Vol. 12. No. 20. p. 6]

Sabaid, agus air an doigh so bha mi 'cumail cunntais air na laithean, na miosan, agus air na bliadhnachan.

Anns an ath aite feumaidh mi iomradh a thoirt air gu 'n d' thug mi gu tir as an luing iomadh ni nach robh ro luachmhor, ach a bha gle fheumail dhomh, ged nach d' ainmich mi iad roimhe so. 'Nam measg so bha pinn, inc', agus paipear. Bha iad so anns na seomraichean aig an sgiobair 's aig a' mhet, 's aig a' ghunnair 's aig an t-saoir. Fhuair mi mar an ceudna tri no ceithir de chombaistean, innealan a

bhiodh aig an sgiobair gus cunntais a chumail air an astar a bhiodh an long a cur 'na deigh, uaireadairean-greine, glaineachan-amhairc, cairtean-iuil, agus leabhraichean marachd. Thilg mi comhladh iad, ged nach robh fhios agam co dhiubh a chuirinn feum orra no nach cuireadh.

Fhuair mi mar an ceudna tri Biobuill mhatha a chuireadh g' am ionnsuidh a Sasuinn, agus a chuir mi iad am measg gach ni a bhuineadh dhomh an uair a sheol sinn air an turus mhi-fhortanach ud. Bha leabhraichean ann an canain Phortugal ann mar an ceudna. 'Nam measg so bha a dha no tri de leabhraichean-urnuigh papanach, agus caochladh de leabhraichean eile, agus thug mi leam iad uile.

Agus cha 'n fhaod mi dichuimhn' a dheanamh air innseadh gu 'n robh cu agus da chat againn air bord anns an luing, agus feumaidh mi cunntas a thoirt seachad mu 'n deidhinn. Thug mi leam an da chat gu tir. Agus mu dheidhinn a' choin, leum e bhar buird agus shnamh e gu tir as mo dheigh a' cheud latha thug mi luchd gu tir leis an rath, agus bha e 'na sheirbhiseach dileas dhomh fad iomadh bliadhna. Bheireadh e g' am ionnsuidh a h-uile rud a dh' iarrainn air; bhiodh e 'n comhnuidh 'nam chuideachd, agus bhiodh e 'na chompanach gle mhath nam b' urrainn da bruidhiuinn a dheanamh, ach cha 'n robh an comas sin aige.

Mar a dh' ainmich mi mar tha, fhuair mi pinn agus inc' agus paipear, agus bha mi 'g an caomhnadh cho math 's a b' urrainn domh. Agus fhad 's a mhair an ince dhomh bha mi sgriobhadh mion-chunntais air a h-uile rud a bha mi deanamh; ach an uair a theirig an ince dhomh, cha b' urrainn domh cunntais a chumail air mo ghnothuichean na b' fhaide, oir cha b' urrainn domh' ince dheanamh, ged a thug mi oidhirp air a deanamh.

Agus chuir so 'nam chuimhne gu 'n robh iomadh rud a dhith orm a dh' aindeoin lionmhorachd nan nithean a bha mi 'n deigh a chruinneachadh comhladh; agus b' ann diubh so ince, agus mar an ceudna spaid, agus piocaid, agus sluasaid gus an talamh a chladhach agus an uir a thoirt air falbh. Bha snathadan is snath is frineachan g' am dhith mar an ceudna; agus mu dheidhinn anairt bha mi ann an uine ghoirid a' deanamh a' ghnothaich as aonais gle mhath.

Dh' fhag cion innealan freagarrach a h-uile obair a bha mi deanamh anabarrach doirbh ri dheanamh, agus gle fhadalach. Bha dluth air bliadhna air a' dhol seachad mu 'n do chuir mi crìoch air a' challaid a bha timchioll air an tent. Bha h-uile fear dhe na postachan a chuir mi innte cho trom 's gur ann air eiginn a rachadh agam air an togail. Agus thug iad uine mhor dhiom mu 'n do ghearr mi anns a' choille iad; agus thug iad moran a bharrachd uine dhiom mu 'n d' thug mi dhachaidh iad. Is minic a thug mi da latha air fear diubh a ghearradh agus a thoirt dhachaidh, agus lath eile air a chur anns an talamh.

Bha mi 'n toiseach a' bualadh nam postachan sios anns an talamh le sgonn trom maide, ach mu dheireadh chuimhnich mi gu 'n robh na geimhleagan agam, agus an deigh dhomh te dhiubh fhaotainn bha e

doirbh gu leor dhomh na postachan a chur fodha leatha.

Ach ciod an t-aobhar a tha agam air a bhith gearain gu 'n robh an obair a bha agam a' dol air aghart cho mall, o 'n a bha uine gu leor agam gus a deanamh? Agus cha robh mi faicinn gu 'n robh obair shonraichte sam bith eile agam ri dheanamh an deigh do 'n obair ud a bhith crìochnaichte, ach sgrìob a thoirt air feadh an eilean feuch am faighinn dad a dh' ithinn, rud a bha 'toirt greiseag dhe 'n uine dhìom a h-uile latha. Thoisich mi ri toirt fa near gu durachdach dluth an t-suidheachaidh anns an robh mi, agus an staid gus an d' thainig mi, agus chuir mi sìos ann an sgrìobhadh mo staid agus mo shuidheachadh, cha b' ann idir gus am fagail aig aon neach a thigeadh 'nam dheigh, oir cha robh a' chuis coltach gu 'm biodh oighreachan orm, ach gus faothachadh a thoirt do na smaointean a bha 'g eirigh suas 'nam inntinn a h-uile latha, agus a bha 'cur doilghios mòr orm. Agus o 'n a bha mo reusan a nis a' faotainn buaidh air an eu-dochas a bha 'n comhnuidh 'na laidhe gu trom orm, thoisich mi ri comhfhurtachd a thoirt dhomh fhìn cho math 's a b' urrainn domh, agus ri cur a' mhath agus an uile mu choinneamh a cheile, a chum gu 'm bithinn comasach air a leigeadh ris na b' fhèarr dhomh fhìn nach robh mo shuidheachadh cho fìor dhona 's a bha mi gu tric a' smaointean. Chuir mi sìos mo staid gun chlaonadh gu taobh seach taobh, mar a dheanadh duine onarach air a chuid fiachan agus air a theachd a steach. Chuir mi na comhfhurtachdan a bha mi sealbhachadh agus na truaighean a bha mi fulang mu choinneamh a cheile mar so:-

An t-Olc-Tha mi air mo thilgeadh air eilean udluidh, fasail agus gun dochas sam bith agam ri faighinn as.

Am Math-Ach tha mi beo, agus cha do bhathadh mi mar a thachair do gach aon eile a bha anns an luing maille rium.

An t-Olc-Tha mi air mo thaghadh, mar gu 'm b' eadh, a measg sluagh an t-saoghail uile gu bhith truagh.

Am Math-Ach tha mi air mo thaghadh a measg sgiobadh na luinge gu leir, gu bhith air mo shaoradh o 'n bhas, agus tha Esan a shaor mi gu mìorbhuilleach o 'n bhas, comasach air mo shaoradh o 'n t-suidheachadh so.

An t-Olc-Tha mi 'n so 'nam aonar, air mo dhealachadh o 'n chinne-daoin' gu leir.

Am Math-Ach cha 'n 'eil mi 'dol bas leis an acras, agus a' dol a dhith air aite fasail anns nach 'eil dad a chumas suas mi.

An t-Olc-Cha 'n 'eil aodach agam a chomhdaicheas mi.

Am Math-Ach tha mi ann an aite blath far nach b' urrainn domh a' bheag a dh' aodach a chaitheamh ged a bhiodh e agam.

An t-Olc-Tha mi gun chomas air mi-fhìn a dhion, agus cha mho is urrainn domh cur an aghaidh ainneart dhaoine no fhiadh-

bheathaichean.

Am Math–Ach tha mi air mo thilgeadh air eilean anns nach 'eil mi faicinn fhiadh–bheathaichean a ni cron orm mar a chunnaic mi air corsa Africa, agus ciod a thachradh dhomh nan deachaidh an long a bhristeadh an sid.

An t–Olc–Cha 'n 'eil duine agam a bhruidhneas rium, no bheir fuasgladh dhomh.

Am Math–Ach chuir Dia gu h–iongantach an long dluth gu leor do 'n chladach air chor 's gu 'n d' fhuair mi iomadh rud ro fheumail dhomh a thoirt aisde gus cuideachadh a dheanamh leam fhad 's a bhios mi beo.

An uair a ghabhas sinn beachd air a' so gu leir, tha e 'na dearbhadh ro shoilleir nach 'eil ach gann suidheachadh truagh anns am bheil daoine 'san t–saoghal anns nach 'eil ni eigin air a chumail uapa, no ni eigin air a thoirt dhaibh, air son an coir dhaibh a bhith taingeil. Biodh so 'na chomharradh air a tharruinn o fhein–fhiosrachadh neach a bha ann an suidheachadh cho truagh 's a b' urrainn a bhith anns an t–saoghal so, a chum gu 'm faigh sinn an comhnuidh ni–eigin ann gus comhfhurtachd a thoirt dhuinn, agus gu 'n cuir sinn am math 's an t–olc mu choinneamh a cheile.

Air dhomh mi–fhin a thoirt gu bhith car beag riarichte le mo staid, agus sgur a bhith 'g amharc rathad na mara feuch am faicinn long: tha mi 'g radh, an deigh dhomh sgur dhe na nithean so, thoisich mi gu dichiollach ri obair gus gnothaichean a dheanamh cho freagarrach 's a ghabhadh deanamh air son na doigh anns an robh mi gu bhith caitheamh mo bheatha.

(Ri leantuinn.)

Sgeul a' Bhiobuill.

<eng>(Oban Times.)<gai>

Tha so air innseadh dhuinn as ùr le Mr Canton co–cheangailte ri Comunn a' Bhiobuill an Lunnuinn a bha air a chuir air chois dìreach ceud bliadhna roimhe so air a' mhios so. Air an 7mh là do'n Mhàirt 1804 choinnich feadhainn a bha 'n am buill do eaglaisean Stéidhichte agus Saor, agus rùnaich iad gu'm bu chòir oidhirp do'n t–seòrsa so a bhi air a deanamh; agus 'nam measg–san aig an robh làmh anns a' chùis o thoiseach bha iomadh fear tuigseach comasach a bhuineadh do Albainn. Lean soirbheachadh mòr an Comunn so ann am beagan bhliadhnachan. Tha e air innseadh mar chaidh am Bìobull eadar–theangadh do 370 cànan. Ach aig a' cheart àm tha e air a ràdh gu'm bheil 400,000,000 (ceithir cheud muillean) do shluagh aig nach 'eil am Bìobull 'nan cànan féin. Tha am Bìobull a nis cho saor 's gu'm faighear an Tiomna Nuadh air son sgillin. Cha'n 'eil e 'na ioghnadh idir nach robh am Bìobull coitcheann am measg nan Gàidheal ceud bliadhna roimhe so, a chionn nach robh eadar–theangachadh air a

chrìochnachadh gus a' bhliadhna 1801. A bharrachd air a sin cha robh e idir saor r'a cheannach, agus cha robh ach beagan do'n t-sluagh a b' urrainn a leughadh ann an ceàrnan farsuinn do'n Ghàidhealtachd far nach robh sgoilean idir ann. Thàinig Comunn Lunnuinn an sin gu cuideachadh nan Gàidheal, agus chuir iad a mach am Bìobull aig na prìsean so: trì tastain is sé sgillin air son a' Bhiobuill, agus deich sgillin air son an Tiomna Nuaidh. Rinn comuinn an Albainn cuideachadh mar an ceudna. Tha an Comunn so an Lunnuinn a' deanamh obair mhòir feadh an t-saoghail gu léir ann a bhi a' sgaoileadh solus an Leabhair so anns gach dùthaich fo'n ghréin. Tha ar bàird féin ag aideachadh gu'n robh sinn aineolach a chion an leabhair so. B'e ar cliù-

Bha na Gàidheil ro aineolach dall,
Bha ionnsachadh gann 'nam measg.

Thàinig atharrachadh air cùisean gun teagamh; tha Bìobuill saor gu leòir; ach am bheil an toradh a réir nan sochairean?

Maduinn Di-luain air an t-seachduin s'a chaidh bha crith-thalmhuin air a faireachadh ann an <eng>New Brunswick<gai> 's an Stàid Maine. Thainig i beagan an deigh aon uair, agus bha an sluagh air an dùsgadh as an cadał leis an troimhe-cheile rinn i. Ann an St. John 's am Fredericton, bha soithichean air an leagail bhar sgeilpichean 's air am bristeadh; ann an caochladh chearnan de Mhaine bha simileirean air an leagail 's beagan calla air a dheanamh air tighean-còmhnaidh is togalaichean eile. Cha do mhair a chrith ach tiotadh. 'S ann uair gle aianeamh a dh' fhairichear a leithid anns na cearnan tuathach so idir.

[TD 159]

[Vol. 12. No. 20. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic
AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH NAR TAIGH-CEANNACHD AIR
Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.

A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>
FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA.<gai>
CORPAICHTE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:
<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.

<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal,<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.
<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3½% 'sa bhliadhna.

Litir a Lag an t-Slocain.

FHIR A' PHAIPEAR,—Bha anns an litir a chuir “Bodach cùl na beinne” gu MAC-TALLA aig toiseach na bliadhna duan calluinn a rinn Donnachadh Ruadh Mac Cuithein, air an d' thug mi iomradh uair no dha roimhe; agus 's e mo mhor bharail gu bheil barrachd is aon duan dhe na rinn e aig “Bodach cùl na beinne.” Bha e ag innseadh dhomh gu 'n do rinn am bàrd an duan 's a phiob thombaca 'na bheul. Is pongail an litir a chur e ga d' ionnsuidh, agus is gasd' an teist a thug e seachad mu Dhonnachadh. O'n a chaidh am bodach 'na ruith tha dochas agam gu 'n téid e 'na dheann-ruith.

A réir 's mar a chuala mise b'e Iain Mac Cuithein, Iain Ruadh Piobaire, do'n d' rinn am bàrd ainmeil Gilleasbuig Domhnullach, Gille na Ciotaig, an da òran, “Marbhrann” agus “Aiseirigh” Iain Ruadh Piobaire, brathar athar Dhonnachaidh Ruaidh. Tha e air innseadh gu 'n do chòrd na h-òrain cho math ri Iain Ruadh Piobaire 's gu 'n do phaigh e am bàrd air son a shaothair.

B' e màthair Dhonnachaidh Ruaidh a rinn am port aighearach so:—

Siream suas, stream sìos,
Cha robh ball de Ruairidh agam;
Siream suas, siream sìos,
Cha robh ball de Ruairidh.

'Nuair a dh' éirich mi 'sa mhaduinn,
Cha robh ball de Ruairidh agam;
'Nuair a dh' éirich mi 'sa mhaduinn,
Cha robh ball de Ruairidh.
Siream suas, &c.

O chionn dlùth air da fhichead bliadhna sgrìobh an t-Urr. Donnachadh Mac Gilleathain, bàrd a tha airidh air ainm àrd am measg a luchd-dùthcha, mar a leanas:—“Ann an aon ni tha 'bhàrdachd a' toirt buaidh thar gach modh teagaisg agus gnè sgrìobhaidh eile,—agus is e so e, gu'n dean a chuimhne greim ni 's luaithe agus ni 's buaine oirre na air gnè chainnte no chomhraidh air bith eile; agus tha 'chuis mar so gu sonruichte 'nuair a tha i féin agus ceòl binn, blasda air an nasgadh ann am bannaibh pòsaidh r'a chéile.” Agus tha Gilleasbuig

Mac-na-Ceardadh, a chur am mach an t-Oranaiche, cruinneachadh eireachdail de dh' orain Gàilig, anns a' bhliadhna 1879, a' sgrìobhadh mu 'n bhàrdachd mar so:—"Cainnt an duine an uair is géire 'inntinn, is beòthaile a chuimhne, is fosgailtiche a thuigse, is làine a chridhe, agus is blàithe 'aignidhean."

So agad mar a chuala mi an t-oran, "Fear air bith cha'n àill leam," a bha 'san àireamh mu dheireadh de 'n MHAC-TALLA. Bha na sreathan 'san òran sin, mar gu 'm b' eadh, air an gearradh na bu ghiorra na sreathan an òrain so:—

Cha téid mi idir do 'n tuathanach,
Bidh moran uallaich mu 'n àit' air.

LUIÑNEAG.

Cha teid mi do dh' fhear a' bhàta,
Fear a' chomhraidh chiùin a's fhearr leam;
Cha teid mi do dh' fhear a' bhàta.

Cha teid mi 'chìobair nan caorach,
Bidh e daonnan air an sàiltean.

Cha teid mi 'mhuillear an t-sadaidh,
Cha leig e cadał no tàmh dhomh.

Cha teid mi 'dh' iasgair an sgadain,
Bidh e roimh latha ga m' fhàgail.

Cha teid mi 'shealgair na h-eala,
'S eagal orm gu 'n teid a bhàthadh.

Cha teid mi idir do 'n fhìdhleir,
Feumaidh e 'n teud fìdhl' a chàradh.

Cha teid mi idir do 'n phìobair',
Tha a bhrìgh a' dol 'sa mhàla.

Cha teid mi idir do 'n ghreusaich',
Tha na breugan a' co-fhàs ris.

Cha teid mi do shaor na locrach,
Cha dean e fortan no stà dhomh.

Cha teid mi idir do 'n tàilleir,
'S olc an seisreach meuran 's snàthad.

Chuir mi nis air chul iad uile;
'S e mo roghainn muillear an t-sàbhaidh.

Cha 'n 'eil fhios agam air an t-saoghal co 'n té a rinn an t-òran a thug mi seachad, mur 'eil fhios agad fhéin. Cha mhotha na sin tha fios agam có 'n té a rinn an t-òran so. Tha fonn anabarrach briagha air, an uair a bhios e air a sheinn mar is còir dha:

LUINNEAG.

Hìlinn ù uileann ì,
Hìlinn ù uileann ì,
Fàill ìll éile hó ro ì,
'S mo thruaighe mi mur faigh mi thu.

'S mi mar smeorach ann an coill,
An déigh na h-iseanan a' chall;
Seacharan air 'dhol na m' cheann,
'S gur beag tha 'shannt a chadail orm.

'S e mo cheisd an gille bàn,
Nach leig a leannan le càch:
Teann a nall 's thoir dhomh do làmh,
Cha leig mi dàil na 's fhaide leat.

'Nuair bha thu 'd ghlas-ghiullan òg,
Gun airgid, gun òr a'd' phòc',-
Tha thu 'n diugh air long nan seòl,
Gu riomhach, bòidheach, baganta.

Cha 'n e airgid 's cha 'n e òr,
Cha 'n e ni a rinn mo leòn,
Ach thu bhith air long nan seòl,
'S a chaidh ri m' bheò cha 'n fhaic mi thu.

Mo cheisd an Domhnullach thu,
Cas a's deise 'theid am bròig;
Leannan falaich nam ban òg,
Cha leig mi 'n Olaint thairis thu.

Le m' fhiosrachadh cha robh na h-òrain a thug mi seachad agus an t-òran a leanas riamh 'sa MHAC-TALLA. Dh' fhairlich orm Fhaotainn dhiubh ach na rannan a thug mi seachad. Is fhurasd' a thuigsinn nach 'eil iad an déigh a chéile mar bu chòir dhaibh a bhith. Tha iad dìreach mar a chuala mi iad air an seinn:-

'S ann ort fhéin a dh' fhàs a ghruag,
'S i 'na camlagan mu d' chluais,
Ribinean 'ga ceangal suas,
'S frìne cruaidh 'ga teannachadh.

LUINNEAG.

A' Mhairi dhubh, o hù o hó,
'S a' Mhairi bhuidh', o rì o ró,
A' Mhairi dhubh 's a' Mhairi dhonn,
Tha mi gun fhonn o dhealaich mi
Ri Mairi dhubh, o hù o hó.

'Nuair thig an samhradh 's am blàths,
'S a thoisicheas nam flùrs ri fàs,
Togaidh sinn na siùil gu h-ard,
'S gu 'n gabh sinn sraid 'dh'Australia.

Cha 'n 'eil i dubh 's cha 'n 'eil i donn,
'S boidheach, deas thu air an fhonn;
'S mor mo dhùil nach cùm thu teann
An gealltanais a bh' agam ort.

Latha dhomh 's mi gabhail sraid,
Co thachair rium ach mo ghradh
'Taomadh uisg' a tobar tamh;-
Cha bhith mi slan mur faigh mi thu.

A' tighinn an ear 's a' dol iar,
'S i té ùr cha bhith mo mhiann,
Ged tha mi nise air fàs liath,
'S mo chiabhagan air tannachadh.

Is iomadh deadh oran Gàilig nach robh riamh fhathast air an cur an clò. Tha rannan air an co-chumadh ris na seann fhuinn-moran dhiubh nach fhiach an t-saothair-ach a tha nam meadhain air na seann fhuinn a chumail air chuimhne. Bhiodh e na ni cliùiteach nam biodh na seann òrain air an cruinneachadh cruinn, cothrom 's air an cur am mach ann an leabhar.

Ma 's crìochnaich mi an litir so, tha mi a toirt moran taing do Dhonnachadh Domhnullach ann am Montreal air son an geug de fhraoch Sgitheanach agus an litir a chur e ga m' ionnsuidh fo chùram fear-deasachaidh MHIC-TALLA. Mar a thuirt an seann sgeul: "Soirbheachadh leat ge b' e àit' an téid thu-sonas na d' shiubhal 's na d' ghluasad."

Ma bhios mi air mo chùmnadh, cuiridh mi òran no dha eile ugad.

PEIGIDH PHABACH.

Là Fhéill Pàdraig, 1904.

Tha cuid de phaipeirean nan Stàidean ag radh gu bheil an còrdadh a thatar a deanamh eadar Breatunn 's an Fhraing a thaobh cladach a deas Newfoundland an aghaidh "Creud an Rothaich;" nach bu choir leigeil le da dhùthaich Eorpaich iomlaid chòirichean a dheanamh an cearna sam bith de dh'America gun chead fhaighinn bho na Stàidean. Is bochd nach robh na sgrìobhadairean so ann ri linn an fhàidh bréige Mahomet; 's iad na ceart dhaoine bha dhìth air mar ofaigich na 'armailt nuair bha e sparradh a Chórain an amhaich gach sluaigh air am faigheadh e lamh-an-uachdair. Ach cha fhreagair an doigh iompachaidh sin air an la an diugh. Tha "Creud an Rothaich" air laidhe gu trom air inntinn luchd nam paipeirean Geancach. Ach 's i chreud-riaghlaidh d' am bheil muinntir dhùthchannan eile a' toirt aonta, gur còir do gach rioghachd is cumhachd an aire chumail air na gnothuichean sin a bhuineas daibh féin.

Tha baile ùr Inbhirnis ri bhi air a chorpachadh. Dh' aontaich an sluagh a tha fuireach ann sin a dheanamh Di-Màirt s'a chaidh le 164 an aghaidh 12 bhòt. Bidh sin na cheum feumail do'n bhaile. Dh' fhàs

e gu grad ré an da bhliadhna so 'chaidh, agus cha robh de riaghladh thairis air ach na b' urrainn comhairle na siorrachd a thoirt dha. Le comhairle do'n bhaile fhein theid aig an t-sluagh air cùisean a dheanamh gu math na's fhearr na tha iad an ùine ghoirid. Bidh dòchas againn ri baile Inbhirnis fhaicinn na bhaile rianail, soirbheachail.

Tha daoine deanamh mach gu 'm bi barrachd is bruidhinn mu dheidhinn drochaid a chur thairis air Caolas Chanso. Faodaidh e bhith gu'n gabh an riaghladh os laimh e, 's gu 'm bi an cosdus air a phàidheadh á ionmhas na dùthcha. Tha Ceap Breatunn a' sior fhàs an sùilean Chanada; agus bhiodh e iomchuidh an turus thar a' Chaolais a dheanamh na b'ealaimhe 's na bu shocaire do luchd falbh is tighinn. Tha an t-aiseag mi-chomhartail do luchd-turuis agus anabarrach cosdail do 'n dùthaich.

Tri aois coin, aois eich;
Tri aois eich, aois duine;
Tri aois duine, aois féidh;
Tri aois féidh, aois fìrein;
Tri aois fìrein, aois craoibh-dharaich.

Treubhantas an duine bhig-fead is fuaim.

[TD 160]

[Vol. 12. No. 20. p. 8]

Amhairc an So!
'san ath aireamh airson
SANAS UR
bho
<eng>The Canadian Bank of Commerce
Sydney, C. B.
P. C. STEVENSON, MANAGER.<gai>

Laoidh

Le Iain Màrtuinn an Eilein a Phrionnsa sa bhliadhna 1855.

Dhealbh is chruthaich thu, Dhia, sinn
Ann ad choltas 's a t' iomhaigh air thùs;
Chuir thu dreach agus sgiamh oirnn
Nach gabh aithris am briathran a chiùil;
Samhladh 's coltas na Trianaid,
'S dealradh maiseach na diadhachd na 'r gnùis;
Firinn, naomhachd, is siochaint,
Saor o eagal 's o iargain 's o thnùth.

Am measg chraobhan a ghàrraidh,

'S sinn fo dhubhar 's fo sgàil nan crann ùr,
'S iad gu reachdmhor fo làn mheas,
'S b' àrach inntinn an sàsachadh sùl;
'S boltrach cubhraidh nam blàthan,
A bha 'g eiridh a gàrradh nam flùr,
Cha chuir cainnt no deas bhàrdachd
Ann an doimhne no 'n àirde 'm blagh ciùil.

Ann an lios nan lus cùbhraidh,
Ann an Eden fo ùr chruth 's fo sgeimh;
Lios bu taitniche 'shiubh'lteadh,
'S cha robh shamhuil an dùthaich fo neamh.
Chiteadh toradh nan ùrchrann
Le trom chudtrom a lùbadh nam meur,
'S chiteadh taitneach fo dhrùchd e
Anns a mhaduinn a brùchdadh o fhreumh.

'S craobh na beatha fo làn dhreach
Ann am meadhon a ghàrraidh lan sùigh;
Gloir is urram gach faillein
Riamh a chinnich na thàrmuich o ùir.
Cha robh leigheas no àrach
A co-sheasamh do nàdur gu cùl
Nach robh iomlan na 'blàthan,
'S beatha shiorruidh neo-bhàsmhor mar chrùn.

'S uisge fìor-ghlan a cròiceadh
'S a ruith seachad le cronan gu sèimh
Ann an cuisle nan òr leac,
Ann am piosan a b' òirdheirce sgèimh;
'S cha 'n fheil aithris air sòlas
Ann an ealaidh, an òran, no 'n sgeul
Nach robh iomlan fo chòir dhuinn
Mar a labhair Iehòbha le 'bheul,

Gus 'n do bhrìst sinn air àithne,
Fo dhubh innleachdan Shàtain gu'n d'ghéill,
'S thainig truaigh' agus bàs oirn,
'S thainig eagal is nàire ro gheur,
'S mhallaich Dia air an là sin
Grund is machair is fàsaichean céin;
'S aobhar tuiridh gach àil sin
Do gach aon de shliochd Adhamh gu léir.

Dh' fhag sin rùisgte gun dìon sinn
Ris gach doinionn is sìon 'thig o 'n speur,
'S sinn fo amhladh 's fo fhiamh-gheilt,
'S chaochail buadhan ar diadhachd gu léir,
Dhùisg a chogais mar fhianuis,
'S dh' fhàilnich lùth na céis chriath' mar ghlas fheur,
'S ged bu bhrònach ar n-iargain,
Cha bu leòir sin gu dioladh ar Dé.

'N àite maise na naomhachd

Dh' fhuaigh sinn duilleach croinn fhìge ri chéil'
Gus ar còmhach o mhì-nàir';
Fhuair sinn sealladh ro-iseal oirnn féin,
'S sinn ag iarraidh cùl-didein
Gu ar folach 'feadh chraobhan nan geug.
Och! mo bhròn ar cruaidh chaochlaidh,
'S tric na deoir air ar n-aodann na dhéidh.

Chuir guth Dhia 'feadh a ghàrraidh.
Ann am fionnachd an là sinn gu gluas'd,
'S sinn a teicheadh o 'làthair
Gus ar folach is nàir' air ar gruaidh,
Ach do threun ghuth an Ard-Rìgh
B' éigin géilleadh gun dàil ge bu chruaidh
Nuair a dh' éigh e, Thus' Adhaimh,
C'àit a bheil thu? 'n e 'm bàs 'thug ort buaidh?

Fhreagair Adhamh gu brònach,
Bha mi rùisgte gun còmhach, gun dion,
'S chaidh mi 'm folach o d' Mhòrachd,
Cha 'n fheil treise no còmhnadh sa chriath,
On a bhrìst mi air t' òrdagh
Mar is aithne 's is eol dhuit, a Dhia,
Dh' fhalbh mo mhisneach 's mo dhòchas,
'S gann is urrainn do d' throcair mo dhion.

Och! mo thruagh' arsa Dia ris,
Mar a dh' eirich do t' iarmad 's dhuit féin;
Fhuair am bàs sibh na ghiallaibh,
Chaill sibh comunn na diadhachd 's nan neamh.
Theid ur fògradh o 'n fhion-lios
Na ur dìobaraich chianail an céin,
'S bidh an talamh na bhlianaich
Nach doir tuilleadh ur diol dhuibh gun phéin.

Ann am fallus do ghruadhach
Gheibh thu t' aran fad buantas do là,
Gus am pill thu gu ruadhain,
Oir is duslach is luaithe do chrè;
'N aite pòr nam fras luachmhor
Fàsaidh droigheann is cluaran le chéil',
'Chionn gu 'n d' éisd thu ri buaireadh
Guth do mhnatha roimh bhuan reachd nan neamh.

Labhair Dia air an dòigh so
Ri ar màthair an òigh mhaiseach, Eubh;
Eiridh cinneas gu mor dhuit,
'S eiridh doilgheas is bròn dhuit d'a réir,
'Chionn gu 'n d' éisd thu gu gòrach
Nathair lùbach na seoltachd 's nam breug,
Thig do ghineil is t' oigridh
Ann an trioblaid, an dòruinn, 's am péin.

Laighidh mallachd gu sìorruidh

Air an nathair thuirt Dia mar a thoill,
'S eiridh naimhdeas na 'siol
An aghaidh gineal is iarmad na mnà
Bruthaidh ise a shàil-san
Ach bruthaidh E-san gu làidir a ceann,
'S bidh easaontas na 'n nàdur
Chaidh gun cheangal, gun chàirdeas no daimh.

'S an taobh an ear ann an Eden
Bha claidheabh lasrach buan gheur ann an laimh
Aingil chumhachdaich, threunmhoir,
A bha tionndadh grad bheumnach, gun daimh,
A gleidheadh sligh' agus ceuman
Craobh na beatha gu léir o ar laimh,
Air chor 's nach maireadh mar dhé
An duine faoin-chridhech, cré-chruthach, fann.

Ghluais a nise o 'n ghàrradh
Sinn gu machraichean fàsail an céin,
'S fhuair sinn còir is sealbh nàdair
Air a chruthaitheachd àlainn gu léir.
Bhris mar chraoibh fo h-ùr bhlàthan
Teaghlach sìnsre 's ceann àireamh nan treubh,
'S rugadh Càin is Abel,
'S dhearbhadh gach aon diu a nàdar 's a ghnè.

'S trath a dhùisg an easaonachd
Ann an teaghlach na daonnachd o'n stéidh,
'S trath a dhoirteadh an naomh fhuil
Ann an eud air son iobairtean Dhé
'S tràth a chasgradh am fìrean;-
'S cruaidh ri aithris 's ri innse mo sgeul,
Tha buan ghuth agairt an dioltais
A seirm o'n talamh le iargain gu neamh.

ANNS AN STOR UR
LE STOC MOR DE DH
Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula
ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE
air Sraid Shearlot.
<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

Tha sinn
A CREIC A MACH AR STOC IOMLAN
de dh'
Airneis 's de Bhrait-Urlair
air na chosd iad.
<eng>Gordon & Keith,
A. T. Grant, Manager<gai>
350 Sraid Shearlot, Sidni, C. B.

<eng>Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

[Dealbh]

A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>

Sidni, Feb. 8, '01.

A. J. BEUTAN.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh'iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.

M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

NIALL MacFHEARGHAIS,

Ceannaiche Taillear.

Na h-Aodaichean a's fhèrr agus na Fasain a's ùire.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A.

Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glaskan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

Mac-Talla.
Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.
Bliadhna, \$1.00
Tri Miosan, .30
Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchda gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 161]

[Vol. 12. No. 21. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, APRIL 15, 1904. No. 21.

Ann an aon ni tha Iapan air thoiseach air gach dlùthaich eile—ann an saoiread a postachd. A dh' aindeoin cho beanntail 's cho garbh 's a tha'n dùthaich, cho beag 's a tha innte de ròidean-iaruinn—mu cheud mìle uile gu leir—agus nithean eile tha ga 'cumail air ais, faodar litir a chur á aon àite sam bith gu àite sam bith eile de'n Iompaireachd air-son da sen, na's lugha na sent gu leth an airgid na dùthcha so.

Air a mhios a chaidh seachad thainig mu cheithir mìle de luchd-imrich air tìr ann a Halifacs, air an turus do'n Iar-Thuath 's do chearnan eile de Chanada. Thainig faisg air mìle dhiu sin air aon soitheach, agus b' Albannaich, Eirionnaich is Sasunnaich a' chuid bu mhòtha dhiu. Tha an àireamh a's mò de'n luchd-imrich a tha tighinn a nis ann an deagh chothrom; tha roinn mhath airgid aca agus bidh iad mar sin comasach air fearainn a thogail 's iad fein a shuidheachadh anns an dùthaich gun chosdas sam bith do'n àrd-riaghladh.

Tha Tigh nan Islean ann an Lunnainn an deigh am barail a chur an géill gu 'm bu chòir bhòtaichean a bhi aig na mnathan an àm taghadh luchd-pàrlamaid. Ma chuireas Tigh nam Morairean an aonta ri sin nithear lagh dheth, agus bidh na mnathan cho cumhachdach ann an riaghladh na seann dùthcha ris na fir. Cha'n eil fhios car-son nach bitheadh. Tha mnathan an diugh ann an iomadh dreuchd 's ri iomadh obair a bha air an tur bhacadh dhaibh ginealach no dha air ais, agus cha'n eil an saoghal, air tàille sin, air a chur bun os cionn. Ann an New Zealand tha na ceart shochairan bhòtaidh aig na mnathan 's a th' aig na fir. Cha'n eil an sin, co-dhiù, ach aon de na dòighean anns am bheil muinntir na dùthcha deasaich sin air thoiseach air muinntir dhùthchannan eile ann an cùisean-riaghlaidh.

Cha bhi neach a thig air imrich no air chuairt do Chanada fada 'san dùthaich gun da sgeul bheag a chluinntinn,—aon a cur an géill cho aineolach 's a tha muinntir na seann dùthcha air Canada, 's an t-aon eile cho aineolach 's a tha cuid de mhuinntir na dùthcha so air cùisean Bhreatuinn. Tha a cheud sgeul air innse mu fhear paiper-naireachd ann an Sasunn a bha toirt cùntais air Canada 's a thuir gu'm bu dùthaich chòmhnard, gun chnuic, gun bheanntan, a bh' ann an Canada; agus o nach robh fhios aig a chuid mhor de 'leughadairean air atharrachadh chaidh a chreidsinn. Tha an sgeul eile 'deanamh iomraidh air tuathanach beag Frangach a bha'n cearn iomallach de

Chuebec. Nuair a dh' innseadh dha gu robh rìgh Iomhar air tighinn dh' ionnsaidh na cathrach, ars esan:—"Feumaidh gu bheil an duine sin gle mhor aig Laurier!" Bu luaithe ghabhamaid leisgeul an tuathanaich Fhrangaich air son dìth 'fhiosrachaidh na shaoramaid an Sasunnach air-son cho beag eòlais 's a bh' aig air earainn cho mor de'n Iompaireachd d' am buin e. Bheirear breith air daoine a reir nan cothroman a tha air am buileachadh orra, ann am foghlum mar ann an nithean eile.

Tha dithis dhaoine fialaidh ann am Breatunn nach eil a' sireadh molaidh o mhuinntir eile. Ann an Sasunn chuir cuideigin fichead mìle punnd gu ard-easbuig York mar chuideachadh do bhantraichean 's do dhilleachdain mhinistirean a shaothraich ann an sgìreachd sin. Ann an Alba chuir fear-eigin eile deich mìle punnd a stigh mar chuideachadh do mhaoin na h-Eaglais Shaoir Aonaichte. Cha do chuir fear seach fear dhìu so 'ainm ri 'lìtir, agus mar sin cha'n eil fhios có iad. Tha iad a' reir coltais a' creidsinn gun còir dhaibh an tabhartas a thoirt seachad air mhodh 's nach bi fhios aig an làmh chlà cìod a tha 'n làmh dheas a deanamh.

Thatar ag iomradh gu bheil Breatunn 's an Fraing an deigh tighinn gu còrdadh mu chladach a deas Newfoundland. Ma tha sin fìor, is sgeul thaitneach e. Bha còmhstri eadar na Frangaich is muinntir Newfoundland o chionn iomadh bliadhna a bha bagairt aimhreit a dhùsgadh eadar an Fhraing is Breatunn. Bha na h-iasgairean Frangach ag agairt còir air barrachd 's a bhuineadh dhaibh. Nuair chaidh Newfoundland a thoirt suas do Bhreatunn an toiseach dh' aontaicheadh còir a thoirt do iasgairean na Frainge an cuid éisg a thiomachadh air a chladach a deas. Ach mar bha na bliadhnaichean a' dol seachad bha 'na Frangaich a lìon beagan is beagan a' gabhail seilbh air a chladach gu buileach, agus mu dheireadh thall cha chheadaicheadh iad do iasgairean Newfoundland tigh no laimhrig a thogail air, mar gu'm buineadh e dhaibh fein saor a grund. Bha soithichean-cogaidh na Frainge daonnan deas gu pàirt an sluaigh fein a ghabhail, agus bha ceannardan nan soithichean-cogaidh Breatunnach mar bu trice a' cur an aonta ris gach agartas a dheanadh na Frangaich. Cha b' urrainn sin a dhol air adhart moran na b' fhaide. Bha riaghladh Newfoundland a' cur impidh air an riaghladh Bhreatunnach o chionn iomadh bliadhna, ach cha robh Breatunn 's an Fhraing na'n deagh chàirdean, 's cha ghabhadh còrdadh deanamh. Aig an àm so co-dhìu tha cùisean air atharrachadh; tha 'n da dhùthaich glé chairdeil ri cheile, agus so aon de na dòighean anns am bheil an càirdeas ri bhi air a thaisbeanadh. A reir a chòrdaidh a thatar ag iomradh a rinneadh, buinidh an cladach a deas an deigh so gu h-iomlan do mhuinntir Newfoundland; cha bhi còir sam bith aig na Frangaich air, ach gu'm bi cead iasgaich aca anns na h-uisgeachan f'a chomhair. Tha Breatunn a toirt stiall mhor fhearainn do'n Fhraing ann an Africa, agus a dol a' phàidheadh suim airgid, sia ceud mìle dolair, ma's fìor an seanachas, a ni suas an call do na h-iasgairean. Bu mhath an gnothuch e na'n ceannaicheadh Breatunn aig an àm cheudna eileinean St. Pierre bho'n Fhraing 's gu'n toirte suas do Chanada no do Newfoundland iad; ach is còir a bhi taingeil air-son a bheagain so

fhein. Thig ceannach St. Pierre gu crìch aig àm eile; aig an àm so cha 'n eil an Fhraing toileach dealachadh ris na h-eileinean sin, an aon ghreim fearainn a th' aice ann an ceann a tuath America.

Tha amharus air a leagail air cuid de phaipeirean-naidheachd na Garmailt gu bheil iad a' feuchainn ris an Fhraing a bhrosnachadh gu pàirt a ghabhail ann an cogadh na h-àirde 'n ear. Ma ghabhas an Fhraing taobh Ruisia feumaidh Breatunn, a reir a còrdaidh, pàirt Japan a ghabhail. Anns a chasgradh a leanadh bhiodh araon Breatunn agus an Fhraing air an lagachadh gu mor, rud a thaitneach ro-mhath ris a Ghearmailt. Ach faodaidh e bhith gu bheil luchd-riaghlaidh na Frainge cho tèdha ris na Gearmailtich fhein, gu'n tuig iad car-son a thatar ga'n spreòdadh, 's gu'n abair iad mu aimhreit Japan is Ruisia: "O nach leinn cha tarruinn." Bidh e na's furasda dhaibh sin a dheanamh o'n tha'n Fhraing is Breatunn aig an àm so na'n deagh chàirdean. Tha Iompaire na Gearmailt, o chionn seachduin no dha, air chuairt air a Mhuir Mheadhon-thìreach. Chaidh rìgh na h-Eadailte ga choimhead air bòrd na luinge air am bheil e seòladh, agus bha conaltradh càirdeil eatorra.

Tha Gaidheil Ghlinn-garaidh, an Ontario, a' cur mu dheidhinn réisimeid a thogail anns an t-siorrachd sin a bhios air a sgeadachadh 'san t-seann Deise Ghàidhealach. Tha trì no ceithir de réisimeidean Gàidhealach ann an Canada cheana, agus tha iad air thoiseach air reisimeidean eile na dùthcha anns gach dòigh. Tha sinn ro-thoilichte fhaicinn gu bheil siorrachd Ghlinn-garaidh dol a chur aon eile ris an àireamh. Cha'n eil ach aon ni eile bu mhò bheireadh de thoileachadh dhuinn, agus 'se sin réisimeid mhath Ghàidhealach fhaicinn ann an Ceap Breatunn, an aon chearna a's Gàidhealaiche de Chanada bho chuan gu cuan. Nuair bha Morair Dhùn-Domhnaill ann an Sidni, toiseach a' gheamhraidh s'a chaidh, chuir e gluasad am meag ofigeach an airm a tha na'r measg a thug dòchas dhuinn gu'm biodh na "Gàidheil Earra-Ghàidhealach" an ùine ghearr air an éideadh anns

"An fhéille phreasaich deis' mo rùin,
Osan nach ruig fad o'n ghlùin,
Còta gearr nam basa dlùth,
'S bonaid dhù-ghorm thogarrach."

Tha eagail oirnn, co-dhiù, gu bheil an cosdas-am bòcan a tha 'cur tilleidh anns gach ni a shloinnear air na Gàidheil ach an t-uisge-beatha-a' deanamh sin eu-comasach. Tha

[TD 162]

[Vol. 12. No. 21. p. 2]

mu dheich air fhichead ofigeach anns an réisimeid agus chosdadh gach deise dhaibh sin mu thri cheud dolair, no naodh mìle dolair uile gu leir. Cha tigeadh deiseachan nan saighdearan cumanta moran na bu daoire na na deiseachan a th' aca 'n dràsda. Aig an àm so thatar a'

cur mu dheidhinn triubhais thartain, còtaichean is bonaidean Gàidhealach fhaotainn, air chor 's gu'm bi an réisimeid beagan na's coltaiche ri réisimeid Ghàidhealaich na bha i gu ruige so. Bidh sin na cheum math air adhart, agus an ceann beagan bhliadhnaichean eile bidh dòchas againn am faicinn a' cur suas na feille-big 's a bhreacain. An sin bi iad na'm fìor Ghàidheil o'n leth a mach: o'n leth a stigh tha iad cho Gàidhealach ri buidheann shaighdearan a tha'n diugh a' coiseachd an fheòir. Cha'n eil sinn a' creidsinn gu'm bu mhearachd mhor a radh gu bheil barrachd de shliochd Ghàidheal 's de luchd-labhairt Gàilig anns an reisimeid so 's a th' ann an aon sam bith eile tha 'n diugh ann an arm Bhreatuinn.

Tha daoine ann an Canada a tha dian-iarratach air cùirtean-dealachaidh <eng>(divorce courts)<gai> a shuidheachadh anns an dùthaich so mar a tha aca anns na Stàidean. Ré nan coig bliadhna' deug air fhichead a dh' fhalbh rinneadh trì fichead is naodh sgaoileadh pòsaidh ann an Canada. Anns na Stàidean 'san ùine cheudna, rinneadh seachd ceud mìle. Tha mu dha uiread deug sluaigh anns na Stàidean 's a tha ann an Canada. Na'm biodh an lagh anns na Stàidean mar a tha'n lagh an Canada, cha bhiodh aca 'san ùine dh' ainmicheadh ach gann ochd ceud gu leth; agus na'm biodh lagh Chanada a reir lagh nan Stàidean, bhiodh thairis air leith-cheud is ochd mìle pòsadh air a chur ma sgaoil. An deigh amharc mar so air eachdraidh nam bliadhnaichean a dh' fhalbh saoilidh sinn nach leigear a leas fheòrach de mhuinntir Chanada cìod a's àill leò 'sna bliadhnaichean a tha rompa-snaim a phòsaidh a bhi furasda no doirbh fhuasgladh.

Bha droch stoirm anns an Iar Thuath air a mhios a dh' fhalbh. Mharbhadh moran cruith leatha agus chaidh àireamh dhaoine a chall cuideachd. An uiridh bha stoirm dhe 'n t-seòrsa cheudna ann ceud mìos an t-samhraidh.

Ann an tuasaid luchd-daoraich faisg air <eng>St. Margarets Bay,<gai> an siorrachd Halifacs, bha fear Tearlach White air a bhualadh 'sa cheann le maide, 's an ceann beagan uairean chaochail e. B'e fear-cumail an tigh-òil anns an robh iad, Boutilier, a thug a bhuille-bhàis dha.

Leis an taghadh a bh' anns a cheathramh roinn de 'n bhaile air a choigeamh la de 'n mhios, bha Iain C. Larder air a chur a stigh le 187 bhòt, 42 a bharrachd air na fhuair Seumas A. Cleireach, a ruith na aghaidh. Ghabh Mr. Larder àite-suidhe 'sa chomhairle oidhche Dior-daoin an deigh sin. Bha an t-àite-suidhe air fhàgail falamh le Uisdean Ros a bhi air a dheanamh na fhear-lagha do 'n bhaile air a l5mh la de 'n Mhàrt.

Tha buidheann de dh' arm Breatunnach aig an àm so a' cìsneachadh Tibet. Bha eagal air an Riaghladh gu robh Ruisia a sanntachadh na dùthcha sin, air-son greim Bhreatuinn a lagachadh air na h-Innsean. B' e 'n t-eagal sin a dh' aobharaich an t-arm a chur ann. Chaidh a cheud bhlàr a chur ann an àite ris an canar "Gurn;" bha mu sheachd

ceud de na Tibetaich air am marbhadh, agus àireamh bheag de na Breatunnaich air an leòn. Cha 'n eil dùil gu 'n lean an cogadh fada nuair a thuigeas na nàisinnich cò th' aca. Tha Tibet air a suidheachadh tuath air na h-Innsean. 'Si dùthaich a's àirde os cionn na mara tha air faotainn, agus theirear m'a deidhinn gur h-i "mullach an t-saoghail." Gu ruige so bha i air a tur-dhùnadh do mhuinntir dhùthchannan eile.

Bhris a' bhreac a mach anns a bhaile o chionn cheithir la deug. Tha nis mu ochd duine fichead an deigh a gabhail, a mhor chuid dhiu air a dhol am feobhas roimhe so- Tha na sgoilean, na h-eaglaisean 's gach àite-coinneimh 'sa bhaile air an dùnadh; 's ri bhi mar sin gus am fàg an easlaint na crìochan. Cha robh, gu ruige fo, neach sam bith cho tinn 's gu robh bheatha ann an cunnart.

Ann an sabaid-duaise a bh' ann am baile Chuebec an oidhche roimhe bha aon sabaidiche d' am b' ainm Drolett air a mharbhadh leis an fhear eile d'am b'ainm Wagner. Bhuailleadh an taobh a pheircill e, 's cha robh e beò ach beagan mhionaidean. So a cheaird a tha Seoc Rothach is fear no dha eile mhuinntir Cheap Breatuinn a leantuinn anns na Stàidean, 's air-son am bheil urram mor air a fhrasadh mu'n cinn le cuid de ar paipeirean.

Faisg air Maccan, an siorrachd Chumberland, N. S., chuir seachdnar dhiolacha-déirc an geamhradh seachad ann am bothaig shalaich nach robh freagarrach air-son a bhi na àite-còmhnuidh. De'n t-seachdnar, cha robh aon comasach air an aire thoirt dha fein. Bha cuid dhiù easlan, cuid dhiù as an céill, 's a chuid eile na 'n cloinn òig. Bha siorrachd mhor bheartach Chumberland, á pailteas a h-ionmhais, a' pàidheadh dolair is tri chairteil (\$1.75) 'san t-seachduin air-son "cumail suas" ceathrar de 'n mhuinntir bhochd so; bha càch a' deanamh mar a dh' fhaodadh iad. Tha an sgeul a nis air a h-innse anns gach cearna dhe 'n dùthaich, a nochdadh cho coibhneil, cho iochdmhor 's cho làn bàigh 's a tha luchd-faire nam bochd ann an cearnan àraidh aig toiseach na ficheadaimh linn.

Cha 'n eil moran ri innse mu 'n chogadh ged tha gu leòir ri fhaicinn mu dheidhinn anns na paipeirean-naidheachd. Cha 'n eil Ruisia no Japan a ceadachadh do luchd nam paipeirean a dhol faisg air làrach na còmhstri. Tha na deagh reusoin aca air a chead sin a chumail uapa. Tha gach taobh air-son an gluasadan a chumail an cleith air an taobh eile. Sin cha b' urrainn daibh a dheanamh na 'n toireadh iad fosgladh sam bith do luchd nam paipeirean, muinntir anns am bheil an aon fhàiling 's a bha ann am mnathan an t-sean fhacail: "An ni nach fhios daibh ceilidh iad." Tha Japan, a bharrachd air bhi toirt ionnsaidhean air càbhlach Ruisia a dhùnadh a stigh an acarsaid Phort Arthur, a greasad a h-airm air tir an Corea a feuchainn ri i fein a dhaighneachadh ann mu 'n faigh Ruisia g'a h-ionnsaidh. Tha Ruisia toileach dàil a chur 'sa ghnothach; mar as lugha chabhag 's ann a's fhèarr a chòrdas e rithe, oir 's ann leatha 's dòcha tìm cuideachadh a dheanamh. Cha 'n urrainn moran ùine dhol seachad tuilleadh gun bhuillean troma bhi air am bualadh. Nuair a thachras sin, cha bhi an sgeul fada ruigheachd na dùthcha so.-Tha sgeul a thàinig o'n chaidh so a sgrìobhadh ag innse gu'n d' thàinig call uamhasach air Ruisia

ann am Port Arthur: gu 'n deach aon de na soithichean-cogaidh a b' fhearr a bh' aice a chall le bualadh ann am mèinn a bha aig na Ruiseinich fhein air a suidheachadh am beul na h-acarsaid. Tha 'n call beatha air a mheas aig ochd ceud duine; na 'm measg sin an t-Admiral Makaroff, àrd-cheannard an airm-mhara anns a chearna sin, duine air an robh meas mor aig an t-Sàr. Bidh an call so na bhuille goirt do Ruisia 'san àird an ear.

Sugh an Fheoir.

Nuair tha am fodar gann tuigear gu bheil sùgh an fheòir air 'uidheamachadh 's an doigh a leanas ro fheumail, agus 'na chaomhnadh mòr air an fheur, an droch earrach.

Gabh làn do ghlaice de dh' fheur agus dòirt thairis air tri ghalain de dh' uisge goileach, cuir bord os ceann an t-soithich sam bheil e, gus an tarruing an t-uisge an sùgh no a bhrigh as an fheur, ceart mar gum biodh tu deanamh tì, agus 'nuair bhios e fuar thoir do 'n spreidh e, no do na h-eich r'a ol-agus ma thuiteas doibh a bhi gu h-euslan no fo fhasgadh tighe, faodar a thoirt doibh meagh-blàth. Cha 'n òl iad so a cheud uair a thairgear dhoibh e, ach na toir deoch dhoibh gus am bi pathadh orra, agus an deigh dhoibh ol aon uair cha 'n iarr iad deoch eile ach so, 's cha ghabh iad deoch eile a roghainn air. Tha e anabarrach biadhar, fallain; air son crodh bainne cha 'n 'eil ni a dh' fhaodar a chur mu 'n coinneamh 'sa gheamhradh is fearr chum bainne maith a thoirt dhoibh! Tha e tarbhadh mar an ceudna air son laoigh a bheathachadh agus ro math airson each. Tha e 'na chaomhnadh mor air feur; theid aon cheannag fheoir cho fada 's an doigh so 'sa ni deich air dhoigh eile. Tha 'n doigh so air a chleachdadh 's an Fhraing agus ann an rioghachdan eile, agus shaoileamaid gu'm biodh e ro fhreagarrach anns an dùthaich so. Ni 'm feur an déigh a bhruich biadh math do na beathaichean, agus faodar beag no mor dheth chleachdadh a reir an fheum a th' air.

LITIR A S. W. MARGAREE.

IS fhada bho nach fhaca mi facal 's a MHAC-TALLA as a' chearna so de 'n eilean. Beagan bhliadhnachan air ais, cha'n ann mar so a bha. An uair sin chiteadh litrichean glé thric á Margaree,—cuid diubh fada agus cuid diubh goirid; feadhainn diubh air an deagh sgrìobhadh agus pairt eile dhiubh, ma dh' fhaoidte, nach biodh cho math sin. A dh' aon fhacal, bha gillean Mhargaree, anns na h-amannan ud, a' deanamh uidhir da chuideachaidh MHIC-TALLA 'sa bha coltach dhaibh.

An uair ud bha ceathrar no coignear as an aite so a bha toileach agus comasach air litrichean a chuir 'g ur n-ionnsaidh; ach, is duilich leam a radh, nach mor nach do thréig iad, o chionn tacan ùine, gu buileach sibh. Tha mi cinnteach gu 'm bheil gach aon diubh a' gabhail a' MHIC-TALLA fhathast, 's 'g a phàigheadh gu riaghailteach a h-uile bliadhna, agus gun teagamh, is mor sin fhein; ach na 'm bitheadh iad a' deanamh comhnadh leibh le 'm pinn

cuideachd, mar a b' abhaist, cha bu mhisid iad fhein e, agus bu mhor an cuideachadh dhuibh e. A dh' aindeoin eachdraidhean, sgeulachdan, agus orain, tha litrichean á caochladh aiteachan a cheart cho riathnach, na 'm bheachd-sa, gus am paipear a bhith taitneach r'a leughadh 's a tha salann a chuir air a' phoit gus gu'm bi am biadh blasda gu leoir r'a ithe.

Ged is mise 'tha gabhail os laimh sgrìobhadh usaibh aig an àm so, is mi a's neo-chomasaich de sgrìobhadairean Gàidhlig an aite so air fad. Tha Gillesbuig, Calum, Seumas agus Aonghas na 'n sgrìobhadairean Gàidhlig moran na's fhearr na mi, agus fada na's comasaiche air am briathran a chuir an eagaibh a cheile ann an doigh a bhios taitneach le 'ur luchd-leughaidh. Ach, aig an àm cheudna, tha beagan lethsgèul ri 'ghabhail orra,—tha iad trang, gle thrang, a h-uile latha; agus tha mi creidsinn gur mi fhin an aon fhear 'san treud do'n fhasa tacan ùine fhaighinn corra uair, a dh' fhaodas mi chuir seachad ann a' sgrìobhadh Gàidhlig. Their feadhainn, "O, nach suarach an ùine a chailleas tu a' sgrìobhadh litir bheag, agus thu cho math air a' Ghàidhlig." Cha 'n 'eil a chuis mar sin idir. Le cion cleachdaidh agus cion eolas gu leoir air a' chainnt, bheir mi fhin moran na 's fhaide a' sgrìobhadh Gàidhlig na bheir mi a' cuir sios uidhir eile de Bheurla.

Tha fear de na seana gheamhraidhean mora, mar a thubhairt am facal, 'nise tighinn gu crìch. Thainig am fuachd gle thràth, agus lean e, faodaidh mi radh, gun diobradh, gu deireadh a' Mhàirt. Bha sneachda trom air an làr fad na h-ùine, agus gaoth chruaidh a séideadh á taobh air choireigin cha mhor a h-uile latha. Bha 'n reothadh glé throm an Ianuaridh 's an Februaridh, a' ghlaine-shìde sios air uairibh go 15° agus

[TD 163]

[Vol. 12. No. 21. p. 3]

20° fo Sero. Ach ma thig blàths nàdurra 'n April, agus gu 'n lean side bhriagha slan as a chéile, faodaidh cuisean a bhi math gu leoir fhathast; oir cluinnidh mi daoine tric ag radh gur coma ciamar bhios an geamhradh, gur e 'n seorsa side a gheibh sinn deireadh an earraich agus toiseach an t-samhraidh is mo tha cùnntas. Le fuairidh an t-samhraidh s'a chaidh, cha robh biadh na spréidhe cho pailt air a gheamhradh so 's a bha e anns na bliadhnachan mu dheireadh; air an aobhar sinn faodaidh cuid de dh' fheadhainn tàir gu leoir fhaighinn mu'n doir iad an cuid stoc roimhe gus an dig am blàths, gu h-àraidh an fheadhainn aig nach eil a bheag de dh' airgid air cùl an laimhe aig àm sam bith.

Bha a' bhreac air feadh na tire bho chionn beagan mhiosan. Ged nach eil i na tinneas marbhteach, tha chuid a's motha deònach a seachnadh. Rinn i call mor an iomadh dòigh bho'n a thainig i na'r measg. Chuir i maille air obair a' ghuail aig Inbhirnis <eng>(Broad Cove Mines), <gai> agus chuir i stad car ùine air a' mhalairt a bha eadar an t-àite sin is muinntir na duthcha mu'n cuairt. 'Thuilleadh

air a sin, tha cosguis lighichean, buird na slàinte, agus iomadh luchd-frithealaidh eile 'bràth air a bhi glé àrd; agus tha e coltach gu 'm bi na tacsaidhean, a tha tuilleadh is trom mar tha, moran na's àirde air a bhliadhna so na bha iad riamh roimhe.

Thàinig an t-àite so air adhart glé mhath o chionn beagan bhliadhnachan. Bho 'n a ghabh cuideachd a' ghuail agus cuideachd an iarunn greim ann an siorramachd Cheap Breatuinn, thàinig atharrachadh mor air cùisean. Tha cosnadh furasd' fhaighinn agus tha 'n t-airgiod na's pailte na chunnaic sinn e riamh roimhe 'san àite so. Dh' fhosgladh mèinnean guail aig <eng>Port Hood<gai> agus aig Inbhirnis 's an t-siorramachd againn fhein, o chionn dha no trì bhliadhnachan, agus tha iad so, mar an ceudna, 'sgapadh airgiod 'n ar measg. Chruinnich moran sluagh ann an tiota mu 'n cuairt air na mèinnean so, agus tha gach aite dhiubh a' tarraing coltais "baile mor" air fhein cho math 's a dh' fhaodas e. Tha cuideachd eile a' sealltuinn airson guail sios an cladach eadar Dunvegan agus Acarsaid Mhargaree, ann an àiteachan do'n ainm <eng>St. Rose<gai> agus <eng>Chimney Corner.<gai> 'S e barail an t-sluaigh gu 'm bheil gual math gle phailt air a' chladach so, agus tha h-uile coltas air a chuideachd gu 'm bheil iad a bràth air a dhol a dh' obair da rìreadh. Tha 'n rathad-iarunn a' tighinn luath a cheana cho fad ri Inbhirnis, agus tha suil is duil ri e dhol, tuath no mall, cho fada tuath, co dhiubh, ri Cheticamp. Tha na h-obraichean so a' mealladh moran de dh' fheadhainn air falbh bho 'n tuathanachas agus bho'n iasgach, an da obair sin as an d' rinn a mhor chuid de luchd na dùthcha am beòlaint uige so. Saoil am bheil tuilleadh 's a chòir de 'n òigridh a' toirt an cùil ris a chrann-treabhaidh agus ris a bhàta, 's a toirt an aghaidh air an toll-ghuail agus air a bhaile-mhor? Fàgaidh mi freagairt na ceiste so aig feadhainn is comasaiche air am fuasgladh na mi fhìn.

Dh' eug moran de dhaoine measail, gasda an so bho chionn beagan 'us bliadhna. Tha h-uile bliadhna a' deanamh bearn mhor am measg an t-sluaigh, agus glé thrìc 's iad an fheadhainn is lugha shaoileas sinn 'théid a ghairm. Chaochail Eoghain Mac Aonghais 'ic Calum 'ic 'Illios, agus Iain, mac Dhonnachaidh a bhrathair; Eoghain mac Aonghais 'ic Eoghain 'ic 'Illios agus a bhean; Raoghall mac Dhomhuill 'ic Aonghais 'ic 'Illeolain; Uilleam Carrol; Mìcheil Coady (seoladair); Domhull mac Pheadail 'ic 'Illios; Catriona bhàn, nighean Domhuill 'ic Aonghais 'ic 'Illeolain; Dughall mac Anndra Dhomhnullaich; Gilleasbuig mac Iain Shiosail; Seumas, mac 'Illeasbuig Dhùghallaich; Ailean mac Eoghain Dhùghallaich; Ailean mac Aonghais Ailean Dhomhnullaich, agus feadhainn eile. Bha Coady agus Nic-'Illeolain mu 95 bliadhna a dh' aois; bha da Eoghain seachd air 85; Raoghall mac 'Illeolain 93. Cha robh anns an triuir mu dheireadh ach daoine oga. Bha 'n còrr caochladh aoisean eadar 60 agus 70 bliadhna, no air feadh sin.

Is e Aonghas Mac Phàrlain duine 's sine 's a' pharaisde so a nise. Tha e 95 no 96, agus a bhean beagan bhliadhnachan na 's òige. Tha Calum mac Phàrlain agus bantrach Anndra Dhomhnullaich 92, agus tha mu dhusan eile seachad gu math air 80 bliadhna.

Phòs àireamh mhath de charaidean 's an sgìreachd againn o chionn faisg air bliadhna. Tha eagal orm gu'n dean e 'n litir so tuilleadh is fada an ainmeachadh sìos uile. Cha'n eil math aon fhàgail. Air an aobhar sin leigeamaid leotha air an turus so, agus co aig' tha fios nach bi aon phòsach a bharrachd ri inns' anns an ath litir.

An dochas gu'n dean sgrìobhadairean agus sgoileirean Gàidhlig deadh chòmhnuidh leibh air a' bliadhna so. Is mi 'ur caraide dileas,

D. D.
April 2, 1904.

AM MAC A B' OIGE.

Leis an Urr. Iain Mac Ruairidh.

CAIBIDEAL IX.

CHA ghabh e innseadh an staid anns an robh mi an uair a fhuair mi mi-fhin ceangailte ann an taigh fàs, a bha, cho fad 's a b' fhiosrach mi, ann am meadhain monaidh, fad air falbh o thaighean sam bith eile. Thoisich mi ri spreartaich 's ri cur nan car dhìom an dùil gu 'n rachadh agam air na ceanglaichean a bh' orm a bhrìsteadh; ach cha robh agam air son mo shaoithreach ach mi-fhin a chlaoidh gu mòr, agus m' fheòil 's mo chnamhan a chiùrradh leis na cùird a bha ga m' cheangal gu teann. Mu dheireadh thòisich mi ri caoineadh gu goirt, agus, ann an dòchas gu 'n cluinneadh cuideigin mi a bheireadh, fuasgladh dhomh, thog mi mo ghuth cho àrd 's a b' urrainn domh. Tha mi 'creidsinn gu 'm faoidteadh mo ghlaodh 's mo ghearain a chluinntinn mìle air astar air a' chuid bu lugha.

An dràsta 's a rithist dh' fhanainn samhach agus dh' éisdinn gu dlùth an dùil gu'n cluinninn farum chas a' tighinn thun an taighe, ach cha robh fuaim sam bith ri chluinntinn.

Mu dheireadh thoisich solus an latha ri tighinn a steach troimh 'n uinneig bhig a bha mu m' choinneamh air cliathach an taighe. Thug so toileachadh mòr dhomh ann an doigh no dhà. An toiseach, thog m' inntinn ris an t-solus, agus dh' fhalbh tomhas mòr dhe'n eagal dhìom.

Anns an àm ud bhiodh daoine gu cumanta 'toirt orra fhein a chreidsinn gu 'n robh mòran de bhòchdain ri 'm faicinn ann an iomadh àite, gu h-àraidh ann an glinn a bha uaigneach, iomallach far nach biodh daoine tathaich ach uair ainneamh. Agus bha mise mar a bha gu leòr eile a' toirt lan-chreideas do 'n bheachd fhaoin so, ged a bha m' athair anabarrach fad' an aghaidh do neach sam bith a bhith 'toirt geill dha.

A barrachd air a' so, bha eagal mòr air daoine, gu sonraichte air an òigridh, roimh spioradan nan daoine marbha, gu h-àraidh roimh spioradan dhroch dhaoine air an d' thainig bàs obann, no a chaidh a mhort, agus bha mi fo eagal mòr gu 'm faodadh gu 'n do thachair bás

obann, no mort anns an àite, agus gu 'n tigeadh spioradan nan daoine far an robh mi agus mi gun chomas agam air teicheadh uapa. Ach thug solus an latha aotromachadh mòr do m' inntinn.

A bharrachd air an t-saorsa 'fhuair mi o phian an eagail an uair a thainig solus an latha, fhuair mi toileachadh eile, agus b' e sin, nach robh mi 'faireachadh na h-uine cho fada aon uair 's gu 'n do shoilleirich an latha. Cha 'n 'eil duine sam bith a's urrainn a thuigsinn meud na péine a bhios air inntinn duine ann an tiugh dhorchadas ach duine 'dh' fheuch e. Tha e air innseadh dhuinn ann am facal Dhé gu 'm bi a' mhuinntir a theid do'n t-siorruidheachd ann an staid neo-iompaichte ann an dorchadas iomallach far am bi gul agus giosgan fhiacal. B'e so mo shuidheachadh-sa gu litireil fad nan tri oidhche a bha mi anns taigh ud ceangailte. Dh' fhairich mi a h-uile oidhche dhiubh cho fada ri bliadhna. Agus ar leam aig an àm gu 'm bu choltaiche mo staid ri staid dhaoine ann an ifrinn, na ri staid dhaoine ann an tìr nam beò.

Thug na smaointeanan so orm m' aire 'thionndadh an dràsda 's a rithist a dh' ionnsuidh nan nithean a bhuineas do 'n bheatha spioradail, agus thuirt mi rium fhin gu 'm b' amaideach an gnothach do dhuine sam bith e fhein a chur gu siorruidh anns an t-suidheachadh chianail anns an robh mise air son beagan de thoileachadh agus de shaoibhreas an t-saoghail so a shealbhachadh ré beagan ùine. Bha na smaointeanan so a' tighinn a staigh orm gu math tric fad an latha. Agus faodaidh mi ràdh gu 'n d' rinn iad mòran a bharrachd drùghaidh air m' inntinn o'n uair ud.

Aig an àm 's an d' fhalbh mi á taigh m' athar bha mi 'toirt orm fhin a chreidsinn gu'n robh mòran de shòlas agam ri 'fhaotainn o thoileachadh agus o shaoibhreas an t-saoghail. Ach is cinnteach gu 'm bheil so fìor a thaobh mòran de dhaoin' òga anns gach àite air feadh an t-saoghail.

An uair nach bithinn a' smaointean air na nithean so, bhithinn a' glaothaich àird mo chlaiginn ann an duil 's an dòchas gu 'm faodadh gu 'n tigeadh fear dhe na ciobairean a bhuineadh do 'n àite faisge air an taigh, agus gu 'n cluinneadh e mi. Ach mu dheireadh thùch orm, agus cha chluinnteadh mo ghuth ach gann an taobh am muigh de dhorus an taighe.

Ged a bha mi anns an t-suidheachadh through so, gidheadh, bha 'n t-acras a' cur dragh orm. An uair a tha duine òg, slàn, fallainn, agus caileachd mhath aige gu biadh a ghabhail, is ann anabarrach mòr a bhios an dragh a bhios air an inntinn aige an uair nach fhairich e gu 'm bheil feum aige air biadh. Cha 'n 'eil fhios agam an gabhainn a' bheag de bhiadh ged a bhiodh e agam aig an àm; ach bu mhath leam agam e.

An uair a thòisich am feasgar ri ciaradh, thoisich mi ri fàs na bu mhuladaiche na bha mi riamh. Ged a bha fhios agam nach robh an oidhche ach goirid, bha eagal orm roimpe. A bharrachd air an dragh a bh' air m' inntinn, bha 'n ceangal teann a bha air mo chasan 'g am chiurradh. Dh' innis mi mar tha gur e ceangal nan tri chaol a

rinneadh orm—sin ri radh, cheangladh caol mo dhà dhùirn ri 'chéile air mo chùlaobh, agus cheangladh mo dhà chois os cionn nan aobrunn agus nan gluinean. Agus anns an t-suidheachadh so bha e neo-chomasach dhomh, ged a bhithinn

[TD 164]

[Vol. 12. No. 21. p. 4]

na bu treise na bha mi, agus air làrach lom, sàbhailte, carachadh as an aite anns an robh mi na 's lugha na rollainn mi-fhin mar gu 'm bithinn a' dol le bruthach. Ach leis mar a bha mo lamhan 's mo chasan air at leis cho teann 's a bha na cùird, cha b' urrainn domh an gluasad bu lugha dheanamh.

Mu dheirean thainig an oidhche, agus cha robh agam ach feuchainn cho math 's a b' urrainn domh ri cur suas le mo shuidheachadh. Bha mi 'sior smaointean air taigh m' athar, agus b' fhearr leam na na chunnaic mi riamh gu 'n robh mi air fuireach ann. Ach bha mi taingeil nach robh fhios aig mo mhàthair air mo shuidheachadh, oir nam bitheadh, bhiodh i ann an droch staid mu m' dheidhinn.

Bha m' inntinn anabarrach mòr troimh a chéile, agus ged a bha mi 'feuchainn ri ùrnuigh a dheanamh, bu ghann a rachadh agam air mo smaointean a shuidheachadh air ciod bu chòir dhomh a labhairt. Chuir so an tuilleadh dragh' orm; ach an uair a thug mi fa near gu 'n èisdeadh Dia ri osna ghearainich a' phriosanaich a tha 'n sàs, ghabh mi misneach.

Thachair gu 'n robh an oidhche anabarrach dorcha de dh' oidhche shamhraidh. Agus ged a bha i dorcha, cha bu leith chàs e gus an do thòisich tàirneinich is dealanaich. Bha mi air chrith cho luath ri slait ann an sruth. Bha m' fhiaclan a' snagadaich mar gu 'm biodh duine 'bhiodh am muigh fo 'n reothadh 's fo 'n t-sneachda. Lochair mi le fallus. Bha mi 'faireachadh an taighe 'dol air chrith fodham, agus theirinn rium fhin uair is uair gur dòcha gur e latha bhreitheanais a bh' ann. Thug mi mo dhùil dhiom fhin gu buileach. Leig mi a h-uile rud as mo chuimhne aig an àm ach m' athair 's mo mhathair, mo pheathraichean 's mo bhràithrean.

An uair a b' isle a bha mo spiorad, chuimhnich mi gur docha gu 'n robh m' athair agus mo mhathair ag ùrnuigh ri Dia air mo shon, agus bha mi 'gam dheanamh fhin cinnteach, gu 'n èisdeadh Dia riutha air sgàth Chrìosd. Thainig mòran dhe na briathran a bhithinn a' cluinntinn aig m' athair thun mo chuimhne, agus mheudaich iad mo mhisneach, agus thug iad orm gu 'n do sguir mi de chàineadh 's de smàdadh an duine dhona, thruaillidh a ghabh os laimh mo threòrachadh gu sàbhailte gu ruige Struidhleidh, ach an aite sin a chuir lion mo mhillidh mu m' chasan. Cha chuimhneach leam m' athair a dheanamh dearmad riamh ann an ùrnuigh air a ghuth a thogail as leith gach neach a dh' fhaodadh a bhith ann an naimhdeas dha. Agus thuirt mi rium fhin gu 'm bu chòir dhomh a bhith 'g ùrnuigh air son nan daoine a cheangail mi, agus a thug uam a h-uile bonn airgid a bh' air mo

shiubhal. Thainig na briathran a leanas 'nam chuimhne:—

“Oir ma mhathas sibh an cionta do dhaoinibh, mathaidh bhur n-Athair neamhaidh dhuibhse mar an ceudna; ach mur math sibh an cionta do dhaoinibh, cha mhò a mhathas bhur n-Athair dhuibhse bhur cionta.”

Bha mi 'lan-chreidsinn gu 'n robh mi glé fhaisge air crìoch mo bheatha, agus nach fhaighinn do nèamh gu bràth mur tugainn mathanas do m' naimhdean. Feumaidh mi aideachadh gu saor gu 'n robh mi an toiseach a' faireachadh nach robh e idir furasda dhomh mo ghuth a thogail ann an ùrnuigh as leith mo nàmhaid; ach ghuidh mi air Dia comas a thoirt dhomh mathanas a thoirt do m' naimhdean, agus dh' fhairich mi gu'n d' rinn e sin. “Is urrainn mi na h-uile nithean a dheanamh tre Chrìosd a neartaicheas mi.”

An uair a sguir na tàirneinich 's na dealanaich dh' fhalbh tomhas dhe 'n eagal dhìom, agus ann an ùine ghoirid thuit mi ann an cadal trom.

(Ri leantuinn.)

ROBINSON CRUSOE.

CAIBIDEAL XVIII.

THUG mi seachad cunntas mar tha mu dheidhinn m' aite-comhnuidh. B'e tent a bh' ann faisge air bonn na creige, air a chuartachadh le callaid mhath laidir de phostachan fiodha agus de chabhlachan. Ach dh' fhaodainn a nis a radh gur e balla bh' ann; oir thog mi seorsa de bhalla phloc air an taobh a muigh dheth a bha mu dha throidh air tiugheadas. Agus 'na dheigh sid, mu bhliadhna gu leith, tha mi 'smaointean, chuir mi cabair air. Bha na buinn aca 'nan laidhe air a' bhalla so, agus bha na barran aca an taice ris a' chreig.

Chuir mi tubhadh air a' bhothan so de mheanglain chraobh, agus do gach rud a shaoilinn a chumadh am muigh an t-uisge; oir aig amannan dhe 'n bhliadhna bhiodh an t-uisge anabarrach trom.

Dh' innis mi mar a thug mi a h-uile rud a bhuineadh dhomh do 'n challaid so, agus do 'n uamhaidh a chladhaich mi fo bhonn na creige. Ach feumaidh mi ainmeachadh gu 'n robh na rudan so gu leir air an tilgeadh air muin a cheile, agus nach robh iad air an cur ann an ordugh doigheil sam bith, agus mar sin bha iad a' fagail an aite gann de rùm.

Air do 'n chuis a bhith mar so thoisich mi ri deanamh na h-uamha na bu mho, agus ri cladhach a steach fo 'n chreig. B' e clach phronn, ghainmhich a bh' ann, agus bha e furasda gu leor dhomh an uamha a dheanamh cho farsuinn 's a thograinn. Chladhaich mi gu math thun na laimhe deise, agus thun na laimhe cli, an uair a chunnaic mi gu 'n robh mi saor o chunnart o fhiadh-bheathaichean. Agus rinn mi rathad fo 'n talamh am mach fo 'n challaid a chum gu 'm faighinn am mach 's a steach air aig am sam bith a thograinn.

Cha b' e mhain gu 'n d' thug so dhomh cothrom air a dhol am mach 's a' steach mar a thograinn ach thug e barrachd aite dhomh gus a h-uile rud a bhuineadh dhomh a thasgaidh seachad gu doigheil sabhailte.

Thoisich mi nis ri deanamh rudan a bha mi 'faicinn a bhiodh ro fheumail dhomh, gu sonraichte cathair air an suidhinn, agus bord air an gabhainn mo bhiadh; oir as eugmhais nan nithean sin cha b' urrainn domh feum ceart a dheanamh dhe gach comhfhurtachd a bh' agam. Cha b' urrainn domh mo bhiadh a ghabhail, no sgrìobhadh a dheanamh doigheil as an aonais.

Mar so thoisich mi ri obair air na nithean a dh' ainmich mi. Agus mu 'n teid mi na 's fhaide air aghart le mo sgeul feumaidh mi ainmeachadh, gu 'm faod duine turail, tuigseach sam bith, a chuireas a reusan ann an cleachdadh, iomadh obair fheumail a dheanamh ri uine. Cha do laimhsich mise inneal na acfhuinn-obrach riamh roimhe, agus gidheadh thainig mi ri uine, an deigh moran saoitreach a ghabhail, agus mo reusan a chur gu dluth agus gu curamach an cleachdadh, gu bhith comasach air iomadh rud feumail a dheanamh, ged a bha mi gle ghann de dh' acfhuinn, Ach air a shon sin rinn mi cuid mhath de nithean a bha gle fheumail dhomh, ged nach robh agam ach tuadh is tal gus a' chuid bu mho dhiubh a dheanamh; ach ma rinn, cha b' ann gun moran saoitreach.

Gus gach duilgheadas a thachair rium a leigeadh ris na 's soilleire faodaidh mi ainmeachadh, an uair a bhiodh bord, no deidhle a dhith orm, cha robh agam ach a dhol do 'n choille agus craobh a ghearradh, agus toiseachadh air a snaidheadh leis an tuaidh gus an deanainn i cho tana ri planca, no ri deidhle. Agus an sin bheirinn greis mhath air a deanamh lom, comhnard leis an tal.

Tha e fìor gu leor nach b' urrainn domh ach an aon bhord a thoirt as a' h-uile craoibh. Ach cha robh leasachadh air a' so ach foighidinn a ghabhail ris; agus o nach robh obair fheumail eile agam ri dheanamh, bha e cho math dhomh a bhith rithe ri bhith 'nam thamh.

Ach air a shon sin, rinn mi bord agus cathair, anns a' cheud aite, mar a dh' ainmich mi mar tha, agus b' ann air piosan de bhuird ghoirid a thug mi as an luing a rinn mi iad.

Ach an uair a rinn mi na buird deiseil, mar a dh' ainmich mi roimhe, chuir mi sgeilpeannan anns an dara taobh dhe 'n uamhaidh gus a h-uile rud a chumail air leith 'na aite fhein, a chum gu 'm faighinn rud sam bith a bhiodh a dhith orm an uair a biodh feum agam air. Agus nam biodh an uamha ri 'faicinn, chiththeadh gu 'n robh moran de rudan gle fheumail innte, agus gu 'n robh a h-uile rud agam deiseil ri m' laimh. Bha e 'na thoileachadh mor dhomh a bhith faicinn a h-uile rud a bhuineadh dhomh ann an ordugh cho math, agus gu h-araidh a bhith faicinn gu 'n robh stoc math agam de nithean a bhiodh feumail dhomh. B' ann aig an am so a thoisich mi ri cumail cunntais ann an sgrìobhadh air an obair a bha mi 'deanamh a h-uile latha; oir gu dearbh bha mi an toiseach tuilleadh is cabhagach. Bha mi

cabhagach leis na bh' agam de dh' obair ri dheanamh, agus a bharrachd air so, bha m' inntinn tuilleadh is mor troimh a cheile. Air an aobhar sin bhiodh mo chunntais air m' obair 's air mo smaointeanan gach latha gun moran tlachd. Ma dh' fhaoidteadh gur ann mar so a theirinn:-

Sep. 30-An deigh dhomh faotainn gu tir gu sabhailte, an aite bhith taingeil do Dhia air son gu 'n do ghleidh e mo bheatha dhomh, agus an déigh dhomh na shluig mi dhe 'n t-saile a chur am mach, agus fas beagan na bu treise, ruith mi timchioll a' chladaich 's mi fasnadh mo dhorn agus a' bualadh mo chinn is m' aghaidh a' glaothaich 'nam eiginn, gu 'n robh mi tur cailte. Lean mi air a' chaitheamh so gus an d' fhas mi cho sgith 's cho fann 's gu m' b' fheudar dhomh mi-fhin a leigeadh 'nam shineadh air an talamh agus fois a ghabhail; ach cha bu dana leam cadal air eagal gu 'm bithinn air m' itheadh beo.

An ceann aireamh laithean na deigh so, agus an deigh dhomh a bhith air bord na luinge, agus a h-uile rud a b' urrainn domh a thoirt aisde, cha b' urrainn domh cumail orm fhin gun dol gu mullach beinne bige, agus sealltainn air a' chuan mor-thimchioll ann an dochas gu 'm faicinn long. Ar leam gu 'n robh mi 'faicinn luinge astar anabarrach fad' air falbh. Dhuisg so dochas annam; ach an deigh dhomh a bhith greis mhath ag amharc gus an robh mo shuilean, cha mhor, a' call am fradhairc, chaidh an long as mo shealladh. Shuidh mi far an robh mi agus thoisich mi ri caoineadh mar gu 'm biodh leanabh, agus air an doigh so mheudaich mi mo thrioblaid-inntinn le mo ghoraiche fhin.

Ach air dhomh faotainn thairis air na nithean so ann an tomhas math, agus an deigh dhomh m' aite-comhnuidh agus a h-uile rud a bhuineadh dhomh a chur an ordugh, agus bord is cathair a dheanamh cho math 's a b' aithne dhomh, thoisich mi ri sgriobhadh sios a h-uile car a bha mi 'dean-

[TD 165]

[Vol. 12. No. 21. p. 5]

amh. Bheir mi seachad copaidh dheth an so (ged a dh' ainmicheas mi iomadh rud a dh' ainmich mi cheana). Lean mi romham air sgriobhadh fhad 's a mhair an ince dhomh.

A' CHUNNTAS LAITHEIL.

Sep. 30, 1659-Thainig mise, Robinson Crusoe, bochd, truagh, air tir air cladach an eilean udluidh mhi-shealbhaich so ris an can mi Eilean an Eudochais, agus mi faisge air a bhith marbh. Chailleadh a h-uile neach eile a bh' air bord anns an luing.

Chaith mi a chuid bu mho dhe 'n latha ann am bron 's an doilghios mu thimchioll na staid mhuladaich thun an d' thainig mi. Cha 'n 'eil biadh, no taigh, no aodach agam. Cha mho a tha airm agam gus mi-fhin

a dhion. Cha 'n 'eil aite agam do 'n teich mi, agus air dhomh mo dhochas a chall gu 'm faigh mi as a' so gu brath, cha 'n 'eil mi faicinn dad romham ach am bas. Aon chuid ithear mi le beathaichean fiadhaich, ar neo marbhaidh na daoine borba mi, air neo gheibh mi bas le cion a' bheidh. An uair a thainig an oidhche chaidil mi ann an craoibh air eagal roimh chreutairean fiadhaich, agus chaidil mi gu trom ged a bha 'n t-uisge sileadh fad na h-oidhche.

October 1—Anns a' mhadainn ghabh mi ioghnadh mor an uair a chunnaic mi gu 'n do chuir an lan an long a steach gu math faisge air tir. An uair a chunnaic mi so, agus gu 'n robh i 'na suidhe gu comhnard air a' ghrunnd, agus nach robh i air a cur as a cheile, bha dochas agam 'nan rachadh a' ghaoth na bu lugha, gu 'm faodainn a dhol air bord innte agus biadh is rudan eile a bhiodh feumail dhomh a thoirt aisde. Ach air an laimh eile dh' uraich mo dhoilfhios an uair a thug mi fa near gu 'm faodadh mo chompanaich a bhith fhathast beo nan d' fhan sinn uile air bord innte, no gu 'm faodadh gu 'n rachadh againn air an long fhein a shabhaladh. Agus nan robh an sgiobadh gu leir beo is docha gu 'n rachadh againn air bata a dheanamh air fiodh na luinge a bheireadh do dh' aite eile dhe 'n t-saoghail sinn. Chuir mi seachad a' chuid bu mho dhe 'n latha so ann a bhith 'g am chur fo dhragh mu dheidhinn nan nithean so. Ach mu dheireadh an uair a chunnaic mi gu 'n robh an long faisge air a bhith traighte chaidh mi thun na traghad cho dluth dhith 's a b' urrainn domh agus shnamh mi gu bord. Bha 'n t-uisge 'sileadh gu trom fad an latha so, ged nach robh deo ghaoithe ann.

October 1 gu 24—Chaith mi na laithean so gu buileach a' dol gu bord anns an luing, agus a' toirt aisde air rath a h-uile rud a b' urrainn domh an uair a bhiodh e muir-lan. Shil moran uisge anns na laithean so ged a bha greisean do shide tioram ann; ach a reir choltais gu 'm b' e so aimsir sileadh an uisge.

Oct. 20—Chuir mi thairis an rath, agus chaidh a h-uile dad a bh' agam air do 'n ghrunnd; ach o 'n a b' ann air tannalach a thachair an tubaist so dhomh, fhuair mi a' chuid bu mho dhe na chaidh fodha an uair a thainig an traghadh.

Oct. 25—Bha 'n t-uisge mor ann fad an latha 's na h-oidhche, agus dh' fhas a' ghaoth gu math laidir. Re na h-oidhche chaidh an long as a cheile. Cha robh bior ri 'fhaicinn dhi ach beagan dhe 'n urlar aice a bhiodh os cionn na mara aig a' mhuir-traigh. Chuir mi seachad an latha so a' cur dion air a h-uile rud a thug mi as an luing air eagal gu 'm milleadh an t-uisg' e re na h-oidhche.

Oct. 26—Bha mi, cha mhor, fad an latha coiseachd mu 'n cuairt a' chladaich feuch am faicinn aite freagarrach anns an cuirinn suas aite-comhnuidh dhomh fhin. Bha mi fo churam air eagal gu 'm faodadh daoine fiadhaich, no fiadh-bheathaichean, mo chur gu bas. An uair a bha e faisge air an oidhche shuidhich mi air aite freagarrach aig bonn creige. Chomharraich mi am mach lathrach leith-chruinn, agus chuir mi romham gu 'n deanuinn aite daingnichte dheth le balla dubailte de phuist mhatha laidir a chur mu 'n cuairt air, air a linigeadh leis na cablachan, agus balla phloc an taobh am muigh

dheth.

Oct. 26 gu 30—Fad nan laithean so dh' oibrich mi gu math trang a' giulan a h-uile rud a bhuineadh dhomh do 'n aite anns an do shuidhich mi air ionad-comhnuidh a dheanamh, ged a bha 'n t-uisge a' sileadh greisean dhe 'n uine.

Oct. 31—Chaidh mi air feadh pairt dhe 'n eilean le mo ghunna feuch am faighinn rud a dh' ithinn, agus gus an t-eilean fhaicinn na b' fhearr. Mharbh mi gobhar-bhoirionn aig an robh meann. Lean am meann dhachaidh mi, agus an uair a chunnaic mi nach itheadh e dad, mharbh mi e.

(Ri leantuinn.)

AN GAIDHEAL AGUS NA H-INNSEANAICH.

ANNS a' bhliadhna 1747, thug na Sasunnaich ionnsuidh air bailteachas nan Spaindeach aig <eng>St. Augustine<gai> a ghlacadh, ach b' eigin doibh an t-séisid a threigsinn. Chaidh cuideachd de Ghaidheil Albannach, a thug oidhirp air an ratreut a chomhdach, a ruagadh agus a ghearradh 'nam bloighdibh. Chaomhain na h-Innseanaich, a chog fo bhrataichean na Spaind, aon saighdear a chum a' bhais chianail, fhadalaich do'n gnath leis na daoine fiadhaich sin an cuid priosanach a chur. 'Nuair a mhothuich an duine so do dh' innealaibh na dòruinn eagallaich a bha feitheamh air, tha e air aithris gun do labhair e ris na h-Innseanaich fhuileachdach anns an briathraibh a leanas:-

"A Ghaisgeacha agus a chinn fheadhna an t-saoghail ùir, cha bu sibhse na naimhdean a bha mhiann orm a choinneachadh: gidheadh thug sibh buaidh. Cleachdaibh a' bhuidh sin mar is àill leibh. 'Se dan tubaisteach a' chogaidh a thilg 'nur làmhan mi, agus cha 'n eil mi a' cur an aghaidh bhur dlighe. Ach o'n is gnath le m' luchd-dùthcha duais a thairgsinn airson am beatha, guidheam oirbh, éisdibh ri tairgse nach bu chòir a bhi air a diùltadh.

"Biodh fios agaibh uime sin, O! Americanacha gaisgeil, gu bheil anns an dùthaich 'san d' rugadh mise dream àraid air am bheil feartan neo-chumanta air am buileachadh. 'Nuair a ghabh mise an tùs am shaighdear, chàirich aon diu so, a bha 'n dlù-dhaimh dhomh, sian orm a bheireadh mi gun bheud as gach gàbhadh. Chunnaic sibh mar a sheachain mi gach geurghath a thilg sibh orm. As eugmhais an t-sian so an robh e comasach dhomh teachd bho gach cruaidh-bhuille a chuimsich 'n am aghaidh? Tha mi 'togail na cuis ribh fein. An d'iarr mi aona chuid foir no teicheadh bho chunnart? Cha 'n e mo bheatha a ta mi an drasda cho mor ag asluchadh, ach cead a thabhairt dhomh diomhaireachd fhoillseachadh, a bhios cho anabarrach feumail a chum an cinneach is gaisgeile 'san domhan fhagail neo bhàsmhor. Fagaibh amhàin aon do m' lamhaibh fuasgailte airson ioraltan a' ghnìomh agus bheir mi dearbhadh air a chumhachd, air mo phearsa féin 'nur làthair."

Dh' eisd na h-Innseanaich le fìor aire, ri briathraibh a bha araon a co-fhreagairt ri 'n inntinnibh cruadalach fein, agus ri 'n gnath-thoradh gu nithibh miorbhuileach fhaicinn. An deigh beagan smuaintneachaidh dh' fhuasgail iad aon de lamhaibh a' phrìosanaich. An sin dh' aithn an Gaidheal a chlàidheamh-mòr a thabhairt do 'n ghaisgeach bu sgairteile a bh' aca, a mhuineal fein a rusgadh agus a shuathadh agus le comharrainean buidseachail, agus focal no dha a mhonabanaich, ghlaodh e mach le guth ard agus le fiamh ghaire, "Feuchaibh a nis, Innseanachaibh glìce, dearbh fhianuis air m' fhirinteachd. Thusa, a churaidh, aig am bheil inneal a' bhàis 'na d' dhorn buail le d' uile neart; cha 'n e amhàin gu bheil thu eu-comasach air mo cheann a sgaradh bho m' chorp, ach eadhon deargadh air mo chraicinn!"

Mu 'n gann a labhair e na briathraibh so tharruing an t-Innseanach buille eagallach a thug air ceann an t-saighdeir leum fichead slat air astar! Sheas na daoine fiadhaich lan iongantais. Spleuchd iad air a' charcais fhuiltich, an sin air cach a chèile, mar gu 'm beadh, an diumb riutha fein airson am faoineachd. Gidheadh dh' ard-mhol iad an innleachd a chleachd an coigreach gu giorrachadh a bhàis agus gu seachnadh nam piantaibh dóruinneach a bha air an ullachadh fa chomhair, agus dh' adhlaic iad a chorp leard onairean an dùthcha.

Sgeul air Taibhse.

Bha na Gàidheil a bh' ann o shean gu ìre bhig uile a' creidsinn gu robh buidsichean is taibhsean ann. Tha a mhor chuid de Ghàidheil an latha 'n diugh de 'n bheachd nach eil anns a chreideamh sin ach faoineis is gòraiche. Is co math dhuinn aideachadh gu bheil sinn fein de 'n àireamh nach eil a' creidsinn ann am buidseachd, agus nach robh sinn, gus o chionn gle ghoirid, a' toirt géill do thaibhsean. Ach "'s iomadh car a dh' fhaodas tighinn air na fearaibh." Fhuair sinn an sgeul a leanas an la roimhe o dhuine còir, creideasach, air nach do chomharraich sinn breug riamh o'n chuir sinn ar ceud eòlas air; agus bu mhor leinn tòiseachadh ri teagamh a chur na 'sheanachas aig an àm so. Leigidh sinn leis a sgeul innse na dhòigh fhèin, ach tha sinn an dòchas nach bi a brìgh 's a teagasg air an cur an neo-shuim le ar leughadairean. Oir, ma tha an sgeul fìor, 's bu dàna leinn a radh nach eil, tha e da-rìreadh iongantach.

"Beagan ro làithean na Bealltuinn, bha boirionnach ciallach, glìc, grunn-dail, ann an àit araidh dhe'n dùthaich, agus thachair dhi a bhi 'na bantraich. Bha i na suidhe taobh a' ghealbhain, beagan romh mheadhon oidhche, ag amharc air na caorain dhearg a bha 'losgadh, agus a smaointeachadh air na làithean a dh' fhalbh. Cha robh leabhar 'na laimh, ged a b' urrainn i a leughadh. Dh' éirich i gu dol a luidhe, ach mar thog i a ceann co 'shaoil leatha chunnaic i a' teachd g'a h-ionnsuidh ach a fear, nach bu mhairionn! Thug i sgreuch àrd aisde agus thuit i 'na paiseanadh air an urlar. Chual iad so an ceann eile 'n tighe, agus ghrad ruith iad a stigh far an robh i. Thainig i as an laigsinn; chuir iad na sineadh san leabaidh i, ach cha d' innis i riamh na chunnaic i. Chuir i roimhe gun diog a radh

ri duine beo mu dheidhinn. Smuaintich i nach robh ann ach seorsa de mhealladh inntinn, seorsa de dh' aisling no bruadar eadar an cadal 's an dùsgadh. Ach, coma co dhiubh, oidhche no dha 'na dheigh sin, an déigh dhi dol a luidhe, agus i 'na lan fhaireachadh, mu mheadhon oidhche, co chunnaic i ach am fear nach mairionn, a rithist a' tighinn gu taobh a leapach! Tharruing e an cùirtean agus dhlùth-bheachdaich e oirre. Thainig crith fhuar air a feoil; dh' fhairich i mar gu 'n robh e 'ga tacadh. Bha fuil a curidhe mar gu 'm biodh i a' ruith fuar 'na cuislibh; thainig gairisinn air a feòil. Dh' amhairc i suas 'na aodann; bha 'shuil bàigheil, aoidheil, gràdhach, mar a b' àbhaist di bhi. Thug so misneach dhi; dh' fheuch i labhairt; thainig a cainnt: "Eoghain, Eoghain," ars ise, "ciod a ghràidh tha 'cur smuairin ort? Ciod tha

[TD 166]

[Vol. 12. No. 21. p. 6]

'dhìth ort? Nach labhair thu?" "A Sheònaid," ars' esan, "a Sheònaid, tha thu brònach, aonarach, muladach 'n am dhéigh. Ach ceannaich thusa, a ghràidh, MAC-TALLA, bi cinnteach gu 'm paigh thu e gu riaghailteach, 's cha bi thu gun chuideachd." Le so ghrad dh' fhalbh e.

Am Piobaire agus na Madaidh-alluidh.

Tha am madadh-alluidh 'na chreutair fiadhaich, sgaiteach, agus an cuid do dhuthchannan tha iad anabarrach lionmhor, agus, 'nuair tha iad acrach, gu h-araidh 's a gheamhradh, tha e cunnartach tighinn an rathad sgaoth dhiubh. Air uairean ma dh' fhaoidte gu 'm bi na ficheadan dhiubh ann an aon dròbh, agus ged nach 'eil iad ro thogarrach tighinn an rathad dhaoine gidheadh 'nuair tha iad fada gun bhiadh, cha seachainn iad duine. Tha e cunnartach losgadh orra; ma dh' fhaodar eagal a chur orra gun a h-aon diubh a mharbhadh, 's e doigh a's fhearr.

Thachair do dh' oifigeach airm a mhuinntir na Gaidhealtachd e fein agus saighdear a bha na phiobaire, bhi air an turus troimh bheanntan na Spaid a' gabhail ath-ghoirid thairis air gual' ard beinne, dh' ionnsuidh an aite 'n robh 'n t-arm d' am buineadh iad, agus shuidh iad fo fhasgadh creige a ghabhail greim bidh a bha 'm maileid a phiobaire. Gu grad bha iad air an cuairteachadh le madaidh-alluidh a chuir suas an donnalaich bu ghràinde chual iad riamh, agus a sheas le'n craois fosgailte mu'n coinneamh a sior dhlùthachadh orra, agus do reir coslais, a brath bhi'n grad shàs annta. Thilg iad beagan feola d'an ionnsuidh agus chum iad air falbh iad car tamuill le criomain bheaga arain a bha iad a' roinn orra; ach mu dheireadh cha robh greim tuilleadh aca ri sheachnadh, agus an àite falbh, 's ann bha na madaidh-alluidh a' fas na bu dàine-an t-acras air a bheothachadh agus air fhagail na bu gheire leis a bheagan a fhuair iad. Bha iad a' teannachadh na bu dlùithe ceum air cheum air an da Ghàidheil. Mu dheireadh thuirt am phiobaire, "Tha bhuam port a

thoirt do na béisdean.” Séidear a phiob, ach cha luaithe thug i cheud sgal ard na theich na madaidh, 's mu 'n robh urlar a phuirt seachad bha iad as an t-sealladh taobh eile na beinne.

“Marbhaisg air na creutairean grànda,” ars' am phiobaire, “nam biodh fhios agam gu'n tuigeadh iad ceòl bhithinn air port a thoirt daibh mu'n do ghaibh iad am biadh. Ach coma co dhiu, fhuair sinn a mach na dh' fhoghnas doibh an ath uair a choinnicheas sinn.”

AISLING A GHAIÐHEIL ANNS A' BHAILE.

THACHAIR dhomh aon oidhche o chionn ghoirid a bhi 'leughadh na laoidh anns am bheil na briathran so, agus air dhomh a bhi 'nam aonar thòisich mi ri cnuasach, agus ri coimeas an t-saoghail ri cuan, agus an luchd-aiteachaidh ri bàtaichean. B'àrd da-rìreadh am fonn inntinn 'san robh mi: nuair bheachdaichinn air Breatunn an àigh, bha mo chridhe 'cur thairis le taingealachd do Dhia gur h-ann a bha mi fein a' seòladh, far nach ruiginn a leas cala fhagail gun chairt, gun chombaist, agus gun fhear-iùil; agus far an robh na reulta do ghnath r'am faicinn. Ach 'nuair a smuainich mi air na mìltean a ta seòladh fad am beatha gun ghealach, gun chairt, gun chombaist, gun reul-iùil, ghuil mo chridhe, agus shìl mo shùilean.

Anns an staid inntinn so thuit mi am chadal agus air leam gu 'n robh mi ann an seòmar luinge. Chuala mi ùpraid fhuathasach os mo cheann,—na seòladairean a' seinn 'sa nuallanaich,—cuid ri iolach éibhnis, cuid ri éigh mhuladaich,—a ghaoth a' feadaireachd a measg na cainbe shuas, agus an fhairge 'slachdradh a daraich.

Ghlaodh mi fein le graide ri fear a bha 'tearnadh an fhàraidh, “Ciod e so? Ciod e so? Càit am bheil sinn?” “Tha sinn,” ars' esan, “a' togail na h-acair 'sa gabhail a chuain,—cuan gábhaidh na beatha; tha naoidheineachd bhras air na stiuir, a dh' aindeoin co theireadh e.” Rug e air sgòrnan air searraig uisge-bheatha a bha ann an cliabh, agus suas a ghabh e, a' seinn

“O cha 'n 'eil mulad oirnn,
Ciod a chuireadh mulad oirnn?
Mulad cha 'n 'eil oirnn no gruaim,
Gur fada uainn a ghabhadh.”

Lean mi air a shail, 's fhuair mi mi-féin a nis air clar-uachdrach na luing. Dh' amhairc mi ann an ceithir àirde an athair. Bha 'n long dìreach air togail a mach o chala,—chunnaic mi air an stiuir eileanan beaga do-àireamh,—cuirn is sgeirean a nochdadh an cinn an sud 's an so, air chor 's gu 'n robh e mar mhiorbhuil dhomh cia mar a thainig sinn trompa. Thionndaidh mi 'n sin ri toiseach na luinge, agus chunnaic mi gu 'n robh sinn ag inntrinn air cuan udlaidh, iargalt. Cha robh na tonnan, gu dearbh, ag èiridh ro àrd, no fathast a bristeadh 'nan caoran, ach bha coltas cho gruamach air an iarmailt 's gu 'n robh an cuan fèin mar gu 'm b'eadh a gabhail fiamh-eagail, agus bha 'n ceò co trom romhainn, 's air gach taobh, s' nach b'urrainn do'n neach a b' fhearr fradharc thar seoladh mionaid

fhaicinn. Cha b' fhada gus an do thuig sinn nach robh linne tearuinte, oir shaoil sinn gu'n tilgeadh an long an stiuir tri uairean a cheud latha le sgeiribh làir, 's le oitiribh gainmhich. Chunnaic sinn ceudan a' dol fodha air gach taobh dhuinn, fo lan an aodaich, an uair a b' àill, 's iad a fanoid orrasan a dh' fhag iad nan deigh. Bha 'n ceò da rìreadh co dùmhail 's nach mor a bha dol as o sgiorran éiginn; bha iad aon chuid 'gan taladh leis an t-sruth do chuartagaibh a shluig sìos beò iad, no air an cur thairis a thiotadh le taobh-ghaoith o na beanntaibh; no 'bruthadh 'sa bàthadh a cheile anns an dorcha.

Ach ged a bha 'n sruth co laidir 's nach robh dol as aig soitheach ni's lugha na bhiodh a siùil an còmhnuidh lan, agus ged nach robh e comasach pilleadh, gidheadh cha robh e cho olc 's nach faodadh stiuireadair math feum a dheanamh; gu sònruichte nan tuigeadh e'n seòl-sruth, agus na 'n tugadh e aire do'n chairt-iùil, agus do na reulta a bha do ghnath soilleir. So far robh 'n dìth: bha gach aon gun ghiorag gun fhiamh, ga bhreugadh fein nach b' eagal da shoitheach-san ged a bha e le 'shùilean a faicinn a chompanaich, na dh' fhàg cala maille ris, agus aig an robh iuraichean cho ùr, agus cho maith siùil agus acfhuinn ri thésan, 'gam milleadh 's 'gam bathadh air gach taobh.

Bha mi fèin fo mhor iomaguin, agus cha robh mi gu h-uile saor o eagal. Thainig mo mhathair is m'athair, agus cuid-eiginn eile nach ainmich mi gu m' chuimhne. Dh' òrduich mi mo chas air tìr. Chunnaic mi duine uasal air bord, ann an deise b' fhearr na càch. "Le'r cead," ars mise, "c'ait am bheil sinn?" "Tha sinn," ars' esan, "mu mheadhon cuan na beatha." Leis a so thionndaidh e uam agus chuala mi e 'seinn dha fein

"Nuair a dh'eireas i shuas oirr,
Le sgualsaichibh bheann,
Cha bhi sgiobair fo mhighean
Gus an dìobair i 'n crann."

Chuir mi fèin gloine ri m' shùil agus air guala an fhuaraidh chunnaic mi cuairteag eagallach mar choire air ghoil, a thug gu m' chuimhne Coire-bhreacain. Bha eileanan beaga mu dheas air fo mheasaibh 's fo bhlàth, agus o'n d'thàinig an ceòl a b' àill' a chuala cluas riamh. Bha na niltean soitheach agus bàta a' stiùradh air na h-eileanan so, ach cha luaithe fhuair sruth na cuartaige greim orra na thòisich e air an tarruing lion beag is beag do 'n bhuinne; rachadh iad mu dheireadh mu 'n cuairt mar ghille-mirein, agus an sin shluigeadh an coire sìos iad. Ach 'se chuir iognadh agus uamhann orm nach robh iadsan a bha tighinn nan deigh a gabhail rabhaidh.

Bha cuid de shoithichean foghainteach, gu dearbh, ach b'ainmic iad, a thug iad fein as a chuartaig; ach fhuair iad a leithid de bhruthadh 's de mhi-mhodh am measg sgeirean coire 'mhacnais 's gu'n robh iad eu-dionach, agus breoite riamh na dhéigh.

Bha saoir-bhàtaichean gu leoir ann aig an robh mar obair a bhi

calcadh 's a tearradh, ach cha chuimhne leam gu'n do sheas a h-aon ro fhada a fhuair moran càradh; cha 'n e sin, ach bha na saoir iad fein 'g an call cho bitheanta ri daoine eile.

Am feadh a bha mi mar so ag amharc, air mo bhualadh balbh le h-ioghnadh agus le uamhann thainig guth d'am ionnsuidh a bha cho eagalach's gu bheil mi fathast, air leam 'ga cluinntinn, a thuirt, A dhuine oig, c'arson a ta thu dian amharc air muinntir eile? Am bheil umhail agad gu'm bheil thu fein a dol fodha?

Dh' amhairc mi, 's chunnaic mi gu'n robh an soitheach a tòiseachadh ri dol mu 'n cuairt ann am buine coire-mhacnuis. Bha fhad 'sa chithinn mu 'n cuairt domh lan do sgeirean, 's do chlacha mora, 's gu 'n orra ach mu thuairream troidh de dh' uisge. Ghrad dhùisg mi le giorag, agus cha do mheas mi gu'n robh mo bhrudar gun bhrìgh, nuair fhuair mi mi-fein.

AN GAIDHEAL ANNS A' BHAILE.

Riaghladh ar Duthcha.

Aig an àm so tha cùisean glé dhuilich a thuigsinn. Tha mòran ann an teagamh mu na h-oidhirpean a tha air an deanamh air a bhi cuideachadh nan aobharan ud a tha air an aideachadh mar ghnòthaichean cinneadail. Agus air a' bhonn so tha e freagarrach gu 'm biodh sinn uile aonaichte; 'se sin ri ràdh nach biodh còmhstri 'nar measg fèin mu rùintean agus mu ghluasaid agus mu dheanadais an Ard-Riaghlaidh. Tha so 'na bheachd a thaobh riaghlaidh nach urrainnear a chur a thaobh troimh chlabhas agus troimh chànain nach 'eil airidh air ar sliochd. As a so feudaidh sinn a bhi cinnteach. 'Se sin ri ràdh gu'm bheil ar luchd-riaghlaidh a' deanamh an dichill air a bhi cur oifigean do gach seòrsa ann an cruth a bhios 'na chuideachadh ann an àm ri teachd agus 'na stiùradh dhaibhsan aig am bheil feum air gach crìonntachd is gliocas a thàinig mar bhaisteadh cinneadail orra mar dhream d' an d' thug am Freasdal cumhachd ro shònruichte. Tha sinn aig an àm so fo sgàil tionndaidh; agus am measg nan atharrachaidhean ùr a tha dol air an aghaidh bu chòir do na Gàidheil a bhi a' cumail an cùisean féin fa chomhair an Ard-Riaghlaidh. Mur iarr iad cha'n fhaigh iad. Agus an diugh tha cuid ann an ùghdarras aig am bheil cumhachd a bu chòir cobhair a dheanamh air na Gàidheil. Tha e 'nan comas; cuireadh na Gàidheil na geisean orra a réir rùin is geallaidh.—<eng>Oban Times.<gai>

Chaidh sabhaladh caol air trein faisg air Montreal air an t-seachdain s'a chaidh. Coig mionaidean an deigh dhi dhol thar na h-aibhne Richileu, chaidh an drochaid a ghiùlain thairis i a sguabadh air falbh leis an tuil.

Chaidh sianar dhaoine chur do'n phrìosan ann an Toronto air-son slaoightireachd a rinn iad mu thimchioll bhòtaichean aig taghadh a bhaile-mhoir sin. Fhuair cuid dhiu da bhliadhna de'n ionad-smachdaidh, agus an còrr bliadhna.

[TD 167]

[Vol. 12. No. 21. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic
AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH NAR TAIGH-CEANNACHD AIR
Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn
taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

MACEACHUINN & MACCABE,
FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>

FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.

<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,

FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.

Airgead ri thoirt seachad an iasad.

UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>

An Stor-chungaidhean a's fhèrr a tha ann an Sidni.

Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>

BATHAR CRUAIDH.

Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,

DOTAIR FHIACAL.

OIFIS:-Os cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>
URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>
CORPAICHTHE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE \$2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air
adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3½% 'sa
bhliadhna.

An Gaidheal Uasal.

DUANAG DO 'N URR. CALUM CAIMBEUL.

LUINNEAG.

"'S toigh leam fhìn an Gaidheal uasal,
Nach cuir suarach cainnt a shinnsre;
'S toigh leam fhìn an Gaidheal uasal.

"Fhuaradh litir ghrinn an dé leam,
A dhùisg éibhneas suas a'm' inntinn,

"Air a sgrìobhadh sios gu soilleir,
Is coig dolair mar cheann-crìch oirr',"

'Dheanamh còmhnuidh leinn 'san àm so

Chum an geamhradh 'thoirt gu crìch dhuinn

Chum nach faicteadh sinn an teanntachd
Le cion annlain, 's sinn fo mhì-ghean,

Chum gu 'm biodh na fiachan pàighte
'S nach biodh nàmhaid a toirt cìs dhinn.

'S cuimhne leinn nach so an céud uair
A bha lamh an treun dhuinn sìnte;

Lamh a chàirdeis, lamh na fialachd—
'S e ar n-iarrtus nach bi dìth oirr'.

Ged a their sinn gu bheil pròis oirnn,
Cha ni neònach sin ri innseadh.

'S sinn tha guidh' na deadh bhliadhn' ùire
Do'n an diùnnlach nach d'rinn di-chuimhn'.

Nan robh agam gibht na bardachd
Dheanainn dan anns am biodh brìgh dha.

Tha 'luinneag agus an ceud da rann, air dhaibh a bhi cho fìor
fhreagarrach, air an toirt a duanag leis an Urr. Mr. Sinclair ann am
"Filidh na Coille."

Torradh Shir Iain Moore.

(A Caraid nan Gaidheal.)

Cha chualas fonn téise no bròn air a' Mhùr,
Mar thog sinn a chorp air ar guailnibh;
Cha do loisgeadh urchair le saighdear mu'n ùir;
Druma cha chualas a' bualadh.

Thìolaiceadh esan an uaigneas na h-oidhch,
Airm chatha a' cladhach na h-ùrach,
A' ghealach gu fann troi'neulaibh a' soills',
Leus soluis 'g ar seòladh gu tùrsach.

Cha robh feum aig an laoch air cist' a bhiodh buan,
No ollanachd anart 'ga chuairteach';
Ach luidh e mar ghaisgeach a' gabhail a shuain,
Le 'thrusgan cogaidh mu 'n cuairt air.

B' aithghearr 's bu tearc an ùrnuigh 'chaidh suas,
'Us shìl sinn na deòir gu sàmhach,
Ag amharc air creubh an tréin a thug buaidh,
'Us buairte mu theachd an là màireach.

Oir thug sinn fanear a' cladhach na h-uaigh,
'S mar bha sinn gu truagh 'ga dealbhadh,

Gu'n deanadh coigrich a saltairt le fuath,
Agus sinn' air a' chuan a' seoladh.

Le tàir air a spioraid gu 'n deanadh an nàmh,
Air an uaigh so suidhe 'ga chàineadh;
Ach 's suarach sin dhàsan a' gabhail a thàimh
Far an d' rinn a luchd-dàimh a chàradh.

Ghairmeadh air falbh sinn o obair a' bhròin,
'Us cian mu'n robh crìoch air an tòrradh,
Chuala sinn toirm a' chogaidh 'teachd oirnn,
'Us gaoir nan gunnachan mòra.

Ach leig sinn e sìos gu h-athaiseach, ciùin,
Mar thuit e an tréin' a mhòrachd,
Gun leac-lighe r'a cheann, gun chàrn os a chionn,
Ach sìnte le 'ghlòir 'na ònrachd.

An Teid Thu Leam, a Mhairi.

LE IAIN MUNRO.

ESAN.

An téid thu leam, a Mhairi,
'S am falbh thu leam air sàile?
An téid thu leam air bhàrr nan tonn,
Gu tìr nan gleann 's nan àrd bheann?

Le d' chumadh dhealbhach, aillidh,
Mar dhealradh reult na fàire;
'S e d' nadar ciùin, do bhaigh 's do mhùirn,
A leag mo rùn 's mo ghràdh ort.

ISE.

Cha téid mi leat, a Ghaidheil,
Mo chairdean gaoil cha 'n fhag mi,
Cha teid mi null gu tìr nam beann,
'S cha 'n fhag mi clann mo mhathar.

Cha teid mi leat, a Ghaidheil,
Mo dhùth'ch a chaidh cha 'n fhag mi;
Gur bochd am fonn, 's tha 'n t-aran gann,
An tìr nan gleann 's nan àrd-bheann.

Cha teid mi leat, a Ghaidheil,
Cha 'n 'eil do thigh ach tàireil,
Bhith'n fo sprochd, na'n robh mi bochd,
An tìr nan cnoc 's nan àrd-bheann.

ESAN.

Tha tigh agam cho aillidh
Ris 'n tigh 's an d' fhuair thu d' àrach;
Bidh cuan is fonn riut fial gach àm
An tir nan gleann 's nan àrd-bheann.

Mur 'eil mor chruinneachd fàs ann
An tir nan gleann 's nan àrd-bheann,
Tha bàrr ni 's leoir is fàs an fheoir
An tir nan lòn 's nan àiridh.

Tha agam spréidh le 'n àiltean,
'S mo mheana'-chro' air na h-airdean,
'S bidh laoigh is uain air raon is cluain,
'S gur taitneach fuaim am bàirich.

'S mur 'eil mo long air sàile
Gu saibhreas dheanamh 'n aird dhomh,
Theid bàt' is lion, gach la gu rian,
'S bidh agad iasg gu t-àilghios.

An téid thu leam, a ghràdhaig?
An téid thu leam air sàile?
An téid thu leam air bharr nan tonn
Gu tir nan gleann 's nan ard-bheann?

Bidh agad éideadh bhath-ghlan,
Is breacan mìn mu d' bhraighe;
Cha téid thu mach gun ghille 's each,
'S bidh h-uile neach riut cairdeil;

Bidh tu fallain, slainteil,
Le gaoith a' chuain 's nan ard-bheann,
'S bidh eoin na coill' 's nan sliabh gun fhoill
Le orain bhinn 'cur failt' ort.

Bidh mis' riut suilbheir', baigheil,
Mar mhaduinn shamhraidh bhath-gheal,
Cha tig ort beud nach dean mo chreuchd,
O'n thug mi gaol thar cach dhut.

ISE.

Stad a nis, a Ghaidheil,
Mo chridh', mo rùn 's mo làmh dhut,
Gu'n téid mi null gu tir nam beann,
O'n choisinn fonn do dhàn mi.

Laithean m'Oige.

LE MAIRI NIGHEAN IAIN BHAIN.

LUINNEAG.

'Cuimhneachadh air làithean m' oige,

'S muladach mi 'n diugh 's mi 'm onar.

Bho chionn deich is fichead bliadhna,
Bha mise is Catriona comhla.

'S iomadh car a chaidh dhe 'n t-saoghal,
Agus caochladh thàinig oirne,

Bho 'n a dhealaicheadh sinn ri chéile,
Fuadach spréidhe far na mointich,

'Réiteach àite dha na féidh,
Coin is feudail is luchd-foirneart.

'Nuair a choinnich sinn an Grianaig,
Gu'm bu mhiorbhuileach a' chomhdhail.

Choinnich sinn aig bùth Mhic-Aigh,
'S cha bu chrathadh làmh, ach pogan.

"An aithnich thu idir mi, 'Mhairi,
'S a liugha trath a ghabh sinn comhla?

Bheil cuimhn' agad an uair a bha sinn
Na ar paisdean ris a' ghoraich'?

'Nuair a bhiomaid air an àiridh
'Falach caise 's a chruaich-mhòna?

'Ruith gu Fionnaghail an Dùin
Le lan ar sgùirde dhe gach seorsa?

Poca mine 's stocan cail,
Is sguird bhuntata dh' ionnsuidh Flòraidh;

Breac a Linne Poll-an-Dòbhrain,
'S ceathramh òisge air son ròstaidh.

Dh' fhagteadh sud an Dùn-na-h-uamha,
'S badan luachrach air 'ga chomhdach.

'Nuair a bha sinn air bheag naire
'Gabhail fàth air fear na mointich,

Bhiodh tusa leagail a' gharaidh,
'S Gèugo le do shàil le doirneig,

'Mach ri bealach Cnoc Mhic-Dhiarmaid,
'S cha bhiodh stiall air dhe na chota;

Dh' ionndrainn a bhean bho 'n a bhiadh e,
'S i 'ga iarraidh feadh na mointich.

Chual' i Gèugo ag éigheach,

'Trobad, éudail, 's thoir as beo mi.

So obair Mairi is Catriona,
Chuir iad sìos mi fo mo chròcan.

Ach ma gheibh mi a so sabhailt'
Ni mi 'm pàidheadh ma 's a beo mi,

Mach ri Creagan-na-bà-ruaidhe,
Buain na luachrach 's iad na 'n onar.

Ach ma bhios iad ann le chéile,
Cha'n 'eil feum dhomh dol na 'n còmhail.

Tha Mairi cho lugha ciall,
'S a bha Catriona riamh cho seolta.'"

"An tus' tha so, a Chatriona?—
Cha do liath thu ged a phos thu;

Ged tha mo cheann-sa cho soilleir
Ri canach goirid na mointich.

'S cinnteach gur i 'ghaoth an iar,
Chuir a Ghrianaig thusa chòmhnuidh.

Togail ort a Rudh-na-h-Airde,
'S mise ga d' fhàgail cho doigheil."

Cuimhneachadh air làithean m' oige,
'S muladach mi 'n diugh 's mi 'm onar.

Bais.

Aig Loch Uidhist, C. B., air an dara latha de'n Mhàrt, Domhnull Domhnullach, Eildeir, (Domhnull an t-saoir) anns a cheithir fichead bliadhna 'sa naoi deug de 'aois. Bha e 'na dhuine sìobhalta, faicilleach 'na ghluasad agus 'na dhuine feumail, aig an robh roinn mhath de dh' eolas, agus a bha glé fhritheilteach air tinneas ann an àm anns an robh dotairean tearc agus fad o laimh. Dh' eug a bhana-chompanach chliùiteach, Mairi Nic 'Illemhaoil (Mairi nighean Dhonnachaidh) mu cheithir seachdainean roimhe fhein. Bha iad posda corr is trì fichead bliadhna 'sa h-aon deug. Bha iad "gràdhach agus taitneach 'nam beatha agus 'nam bàs cha do sgaradh iad."

Air an dara latha de 'n Ghiblin, Eighrig Dhomhnullach, bean ghràdhach Aonghuis Dhomhnullaich, Eildear. Bha i stòlda, ciùin 'na gluasad, neo-lochdach 'na giùlan, agus 'na bean air an robh eagal an Tighearna. Dh' fhàg i companach aosda, ceathrar mhac agus dithis nighean gu brònach 'na déigh.

[Vol. 12. No. 21. p. 8]

Amhairc an So!
'san ath aireamh airson
SANAS UR
bho
<eng>The Canadian Bank of Commerce
Sydney, C. B.
P. C. STEVENSON, MANAGER.<gai>

Dan

Mar gu 'n rachadh a dheanamh le Alasdair Selkirk, 'nuair a bha e 'na aonaran air eilean Juan Fernandes. Tha cuid a' cumail a mach gur ann mu 'n duine so a' sgrìobhadh an sgeul "Robinson Crusoe."

Tha mi 'm rìgh air na chi mi mu 'n cuairt,
Cha'n 'eil aon ann 'chur suarach mo reachd;
Fad na tire gu crìochaibh a' chuain,
Tha gach eun is fiadh-bheathach fo m' smachd.
O aonarachd! c'ait 'eil gach buaidh
Chaidh a luaidh ort cho tric ann an dàn?
B' fhearr gaòir-chatha gach latha bhi 'm chluais,
Na bhi 'm rìgh an àit' oillteil mar tha.

Tha mi far nach faigh duine am chòir,
Am ònar thig crìoch air mo réis,
Cha chluinn mi aon fhacal no cainnt,
Thig clisg orm le fuaim mo ghuth féin.
Tha gach beathach tha 'siubhal an raoin
'G am fhaicinn gun ioghnadh gun sgàth,
Tha iad sin cho neo-chleachdte ri daoine,
Tha oillt orm am faicinn cho càlld'.

Co-chomunn is càirdeas is gaol,
Chaidh a bhuileach' air daoineibh o'n àird,
Nam biodh agamsa sgiathan an eoin,
'S mi mhealadh a ris sibh gun dàil!
An sin gheibhinn fois agus sìth
Ann an soisgeul na firinn, o m' bhròn,
Dh' fhaodainn foghlum o ghliocas na h-aois,
'S a bhi aobhach an cuideachd na h-òig'.

An soisgeul! an t-ionmhas thar luach
Tha ri fhaotainn am focal an àigh!
Tha e prìseil thar airgiod is òr,
No aon ni air thalamh a ta.
Ach cha chualas clag-eaglaise riamh
Ann an so, feadh nan liath-chreag 's nan gleann,
Cha do fhreagair fuaim thiamhaidh a' bhròin
'Is Sàbaid cha 'n aithnichear annt'.

A ghaothan a dh' fhuadaich mi sios,
Do 'n dithreabh tha aonarach, fàs,
Cuiribh sgeul orm bheir aoibhneas do m' chrìdh'
Mu thir do nach till mi gu bràth.
'Bheil mo chàirdean a dh' fhag mi am dhéigh
'Cur guidhe no smuain air mo thòir?
O ìnns' gu bheil caraid a là'ir!
Ged nach fhaic mise caraid ri m' bheò.

Tha inntinn an duine na 's luaith'
A' gluasad na aon ni a th' ann;
An coimeas, cha shiubhail a' ghaoth
'S caol-shaighdean an t-soluis ach mall.
Nuair thig dùthaich mo shinnsiram bheachd
'S ann a shaoileas mi 'thiota bhith thall;
Ach tha cuimhne gu luath 'tigh'n a steach,
Is tréigidh gach dòchas a mheall.

Ach tha 'n eunlaith a' falbh thun an nid,
'S gach beathach do chosaibh an t-sléibh;
Tha am fois againn eadhon an so,
'S theid mise do m' bhothan leam fhéin.
Tha tròcair ri fhaotainn 's gach àit',
Is tròcair, nach àghmhor an smaoin!
A leigheas gach trioblaid is bron
Tha 'n tòir air clanna nan daoin'.

Litir a Montreal.

FHIR A' PHAIPEAR,—Bha ann am MAC-TALLA Di-haoine s'a chaidh, litir
phongail a chuir Peigidh Phabach ga d' ionnsuidh, le orain, agus
taing air a toirt do Dhonnachadh Domhnullach air son an geug
Sgitheanach de fhraoch Chlann Domhnuill. Tha mi 'toirt do Pheigidh
an oran mar bha cuimhn' agam air bho m' oige 'san Eilean
Sgitheanach. So agad mar a chuala mis' e:

LUINNEAG.

Hithill en na hillean i,
Hithill en na hillean o,
Fàill ill éile 's hó ro i,
Mo thruaighe mi mur faigh mi thu.

Tha mi 'n so mar dhruid an crann,
An déigh a cuid eun a chall:
Seacharan air dol na m' cheann,
'S ged thig an t-àm cha chaidil mi.

Thasgaidh mo chridhe is mo chléibh!
Chuireadh tu air feadan gleus,
Dhannsadh tu air urlar réidh
Gu lùghor, eutrom, aighearach.

Dh' fhag thu mise dubhach, trom,

'S thaobh thu crannagan nan long;
Ged a bhiodh do phòca lom,
Gun ni, gun fhonn, gu'n gabhainn thu.

'S e mo cheisd fear 'chùil bhàin,
B' aotrom do cheum air sraid:
O'n a chaidh thu null thar sàil,
Tha mi o'n là sin acanach.

Tha mi gun airgiod is gun òr:
Cha 'n e so a rinn mo leòn,
Ach nach fhaic mi thu ri m' bheò
A' seòladh taobh an fhearainn so.

So agad fear eile:-

Dh' fhag mi 'n so na shìneadh e,
Na shìneadh e, na shìneadh e;
Gu'n d' fhag mi 'n so na shìneadh e,
Nuair dh'fhalbh mi bhuain na braoileagan.

Fhuair mi lorg an dobhraim duinn,
An dobhraim duinn, an dobhraim duinn;
Gu 'n d' fhuair mi lorg an dobhraim duinn,
'S cha d' fhuair mi lorg mo choineachain.

Cha 'n 'eil fhios agam có 'rinn an t-oran eile 'tha mi toirt dhut,
agus so agad e:-

Dh' fhalbh mo leannan fhéin,
Dh' fhalbh mo chéile lurach,
Misneach mhath 'na dhéigh,
Dhomhsa b' éiginn fuireach.

Nuair a thog thu siùil,
Bha mo shùil a sileadh;
Dhutsa ghuidh gach beul,
Slan gu 'n dean thu tilleadh.

'S cianail leam an sgeul,
Ciod am feum 'bhith fuireach,
Bidh mi leat gun dàil,
'S gheibh mi fàilt is furan.
Dh' fhalbh mo leannan, &c.

So agad oran eile. Agus ma bhios mi air mo chumhnadh cuiridh mi
oran no dha ugrad ann an Gàilig nach robh riamh ann am MAC-TALLA:-

LUIINNEAG.

Ho ro Eileinich, ho gù,
Ho i rithill ho i thù;
Ho ro Eileinich, ho gu,
Gu bheil mo rùn 'san Landaiddh.

Ged tha 'n Landaidh creagach, ciar,
'S moch a dh' éireas oirre 'ghrian;
Innis nam ba-laoigh 's nam fiadh,
'S gu 'm b'e mo mhiann bhi thall ann.

'S tric a leag mi air a bhruaich
Earba ghlas a mhuineil ruaidh;
Bhiodh na lachan air an t-snamh,
Is coileach ruadh an dranndain.

O, mo ghaol air Ile 'n fheòir,
Far an d' fhuair mi m' arach òg,
Far am bheil na h-uaislean còir,
Bu toil leo ceòl is dannsadh.

DONNACHADH DOMHNULLACH.
Montreal, April 8, 1904.

ANNS AN STOR UR
LE STOC MOR DE DH
Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula
ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE
air Sraid Shearlot.
<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

Tha sinn
A CREIC A MACH AR STOC IOMLAN
de dh'
Airneis 's de Bhrait-Urlair
air na chosd iad.
<eng>Gordon & Keith,
A. T. Grant, Manager<gai>
350 Sraid Shearlot, Sidni, C. B.

<eng>Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na
treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a.
m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m.,
'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

[Dealbh]

A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>

Sidni, Feb. 8, '01.

A. J. BEUTAN.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh'iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.

M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

NIALL MacFHEARGHAIS,

Ceannaiche Taillear.

Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a 'sùire.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"

Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glaskan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

Mac-Talla.
Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.
Bliadhna, \$1.00
Tri Miosan, .30
Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchda gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 169]

[Vol. 12. No. 22. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, APRIL 29, 1904. No. 22.

[Dealbh]

An t-Olla Blackie Nach Maireann.

Tha nise naoidh bliadhna agus còrr o'n chaidh an t-Albannach ceanalta Iain Stiubhart Blackie fo'n fhòd. Ged nach eil an sin ach

ùine bheag, gidheadh tha linn ùr air eirigh suas do nach aithne Blackie. Cha'n 'eil sin mar bu chòir dha bhith. Cha'n eil e iomchuidh gu'm biodh di-chuimhne dol air cliù, no gu'm biodh muinntir aineolach air eachdraidh-beatha an duine chliùitich so. Tha eagal oirnn gu bheil moran de Ghaidheil Chanada aig nach 'eil a' bheag de dh' eòlas mu 'thimchioll. Cha'n 'eil sin iomchuidh, oir chuir an Flath so fo chomhain mhor Gàidheil an t-saoghail gu h-iomlan. Tha na leanas air a sgrìobhadh gu bhì cur clach air a chàrn.

Rugadh Iain S. Blackie ann an Glaschu anns a' bhliadhna 1809 agus chaochail e anns a' bhliadhna 1895, aig aois ceithir fichead 'sa sia. 'S e mac bancfhear a bh' ann, agus a thaobh gur ann an Abaireadhain a bha 'athair ri bancfhearachd 's ann 's a bhaile sin a fhuair e a cheud chuid de ionnsachadh-sgoile. Na dheigh sin chaidh e do cholaiste Dhuneideann, agus as a sin chaidh e, a chur tuilleadh ri 'fhoghlum, gu tir mor na Roinn-Eòrpa. Chuir e da bhliadhna seachad anns a' Ghearmailt agus anns an Ròimh. Bha e fad na h-uine sin gu dian ag ionnsachadh cainnt na Gearmailt agus na h-Eadailt. A bharr air sin bha e aig an àm cheudna a faighinn min-eolas air an dàimh anns am bheil seann chanainean ainmeil dhaoine a 'seasamh d'a cheile.

Thàinig e air ais d' a thir fein na dhuine òg foghlumte agus geur-chuiseach. Ann an uine ghoirid an deigh sin bha e air a ghabhail a stigh an cuirtibh-lagha na h-Alba. Bha sin anns a' bhliadhna 1834.

Ach cha do stad an diulnach òg aig a sin. Anns a' bhliadhna 1841 fhuair e a' chathair-theagasg Laiduin ann an Oil-thigh Mharischal an Abaireadhain. Bha e anns a' chathair sin aona bliadhna deug. Fad na h-uine sin rinn e saothair nach bu bheag, maille ri muinntir eile, gu cuideachadh le ard-fhoghlum an Oil-thighean na h-Alba.

Anns a' bhliadhna 1852 chaidh a ghairm gu cathair-theagasg na Greugaisg ann an Oilthigh Dhuneideann. Shaothraich e an sin le mór dhurachd fad dheich bliadhna fichead, a leigeil dheth na dreuchd anns a' bhliadhna 1882. Bha e mar sin an cathair an fhoghlum, eadar Abaireadhain agus Duneideann, da fhichead bliadhna 's a h-aon. A bharrachd air obair na cathair-theagaisg bha e re na h-uine fhada sin gun tàmh le a pheann agus le a theangaidh a cuideachadh air aghart iomadh aobhar math anns an tir. Sgrìobh e mu iomadh ni nuadh agus sean. Bha leabhraichean-mios na duthcha fosgailte dha gu bhì cur a bheachdan an ceill a thaobh caochladh nithean. Agus bha a bheachdan a ghnath airidh air cluas a thoirt dhaibh.

A bhàrr air gach òraid a liubhair e agus gach ni a sgrìobh e ann an leabhraichean-mios chuir e 'mach àireamh de leabhraichean taitneach agus feumail. Nam measg sin tha aon leabhar sònraichte a thug moran cliù dha agus a tha air eadar-theangachadh gu àireamh de chànainean na Roinn-Eòrpa, 's e sin "Fein-Eideachadh." Bu chòir do na h-uile neach an leabhar so a leughadh, agus a theagasg a chur an cleachdadh.

Ach tha da leabhar shònraichte leis an Olla Blackie air am bu chòir do gach Gàidheal a bhì eòlach. 'S e sin "Laoidhean na Gàidhealtachd

agus nan Eilein,” agus “Cainnt agus Litreachas Gàidhealtachd na h-Alba.” Bu choir do Ghàidheil an t-saoghail gu leir eòlas a bhi aca air a chuid so gu h-àraidh de 'shaothair agus mor luach a chur air; oir cha'n e Gàidheal a tha a' sgrìobhadh cho caoimhneil anns na leabhraichean so mu 'n timchioll ach Gall. Cha'n fhiosrach sinn gu'n robh boinne de fhuil Ghaidhealaich a ruith na chuislean, agus gidheadh cha robh ann an Alba na la fein duine a b' eudmhoire air taobh nan Gaidheal agus na Gàidhlig na 'n t-Olla Blackie.

Thuirt sinn gu'n robh e foghlumte ann an dàimh nam prìomh chànan da 'cheile. <eng>(Philology).<gai> 'S ann an uair a bha e dol a stigh anns an fhiosrachadh so a thug e fainear luach agus maise na Gàidhlig. Ghabh e tlachd anabarrach di. Dh' ionnsaich e a sgrìobhadh agus a labhairt gu snasail. Bha e fein na bàrd agus bha tlachd mor aige de bhi leughadh obair nam bàrd Gàidhealach. Dh' eadar-theangaich e gu bàrdachd Bheurla iomadh earran de 'n obair aca. Anns an leabhar mu dheireadh a dh' ainmich sinn tha e toirt iomradh air còrr is fichead bàrd Gàidhealach.

Tha trì dhiu sin a tha e meas àrd os ceann chàich uile. 'S e sin Dughall Buchanan, Donnachadh Bàn, agus Alasdair mac Mhaighstir Alasdair. Chuir e am bàrdachd Bheurla gu snasail “An Claigeann” le Buchanan; “Birlinn Tighearna Chloinn-Raonuill” le Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair; agus “Moladh Beinn Dòrain” le Donnachadh Bàn.

Anns an leabhar so tha e 'toirt min-chunntas air ar cainnt agus air ar litreachas. 'S e so gun teagamh an cunntas a's mionaidiche agus is coimhlionta a thugadh riamh do luchd-labhairt na Beurla mu ar cainnt agus ar sgrìobhaidhean. Bha e de'n bheachd gu 'n robh a' Ghàidhlig cho comasach ri cainnt sam bith cho fad 's a tha i dol, air gach smaoin a chur am briathran. Cha'n eil cainnt sam bith a b' fhèarr a dheanadh so na a' Ghàidhlig nam biodh i air a cleachdadh na bu choitcheann le muinntir fhoghlumte, agus facail ur air an toirt a stigh innte ann an comh-cheangail ris gach ni ur a tha ri fhaicinn 's ri chluinntinn anns an t-saoghal. Ann a so tha sinn a' cur lan-aonta ris.

Tha e 'moladh na Gàidhlig gu mor mar chainnt thlachdmhor ri h-eisdeachd, agus a tha ann am binnead 's am milseachd fuaime fad air thoiseach air cainnt charrach nan Gall. Tha e ag innseadh dhuinn gur ann air son nan Gall 's nan Sasunnach a sgrìobh e an leabhar so, gu bhi sgapadh ceò an aineolas fo 'm bheil iad 'nan luidhe a thaobh na h-uile ni Gàidhealach. Bha e eudmhor air son cliu na h-Alba thairis air moran, agus bha e fad a bheatha easgaidh, ealamh gu dol air feadh gach cearn de 'n tìr a teagasg dhaoine 'thaobh ni sam bith a shaoil e bhi chum leas na duthcha.

Ach thar gach aobhar eile air cuimhne 'chumail air an Oilfhear Blackie tha an gnìomh òirdheirc a rinn e ann a bhi na phrìomh aobhar air cathair-theagasg na Gàidhlig a chuir suas an Oil-thigh Dhuneideann. Fad bhliadhnachan bha Gaidheal Alba a faicinn gu'm bu chòir cathair mar so a bhi ann, agus bha caochladh de oidhirpean air an toirt gus a cur air chois. Ach riamh gus na chuir Blackie a ghuala ris a chuis cha robh moran soirbheachaidh aca. Ach air ball

an uair a ghabh esan a chuis os laimh cha do leig e le feur fàs o chois. Shiubhail e an tir o cheann gu ceann, a cur na cuis an làthair uaislean na rioghachd agus ag iarraidh cuideachaidh uatha. A bharr air sin sgrìobh e a dh' ionnsaidh gach cearn de 'n t-saoghal 'san robh Gaidheil ri fhaotuinn. 'S e a thainig ar a sin gu 'n do thaom airgid a stigh bho chàirdean nan Gàidheal 's na Gàidhlig aig an tigh 'san tìrean cein. Ann an uine ghoirid dh' eirich an t-suim gu da mìle dheug punnd Sasunnach, 'se sin mu \$60,000. Air ball bha 'chathair Ghaidhlig air a cur suas agus an t-uasal ceanalta sin an t-Olla D. MacFhionghain air a chur na shuidhe innte; agus is math a tha e 'ga lionadh.

Tha nise cothrom aig gach duine òg leis an àill air dol a stigh ann am fiosrachadh domhain air eachdraidh, gnè, agus staid na cainnt Cheiltich, 'se sin an t-seann chainnt a tha air a labhairt fathast an Alba, an Eirinn, 's an eilein Mhaneineach, &c.

Tha e iomchuidh, mata, gu'm biodh iomradh a àm gu àm air a dheanamh air Professor Blackie. Cha deid ainm air di-chuimhne; oir tha chathair-theagasg ud mar charra-chuimhne a sheasas suas gun mhilleadh, gun bhriseadh, fa chomhair gach àil a thig 'n ar deigh a deanamh iomraidh air a chliu neo-bhàsmhor.

[TD 170]

[Vol. 12. No. 22. p. 2]

'Nuair a bhios gach òraid a liubhair e agus gach leabhar a sgrìobh e air an còmhdach le stùr na di-chuimhne bidh ainm Bhblackie air a stampadh air clàr cuimhne nan ginealach nach d'thàinig fhathast agus bidh a chliu air altrum na'n cridhe tre iad a bhi ag òl á shruth an eòlais a bhios o linn gu linn a taomadh a mach o Chathair-Ghàidhlig Oil-thigh Dhuneideann, agus a bha air a' cur suas le oidhirp dhurachdach an Olla Blackie.

C. C.

Baisteadh Cloinne.

Chaidh a chlann a leanas a bhaisteadh le Mr. Iain Mac-Gillinnein aig <eng>Grand River<gai> an Ceap Breatann air an t-siathamh latha diag de dh-Ògust, 1824:

Mairi, nighean Alasdair Mhic-Aoidh is Chiorstaidh Nic Calamain, a rugadh air Maigh 20, 1823. Anna nighean Dhonnachaidh Mhic-Coinnich agus Mhairi Nic-an-Toisich, 1823.

Seonaid, nighean Dhomhnaill Mhic-Coinnich is Sheonaid Nic-Coinnich, 1822. Peigi nighean eile leatha, 1824.

Fearchair, mac Iain Mhic Mhathain is Pheigi Nic Mhathain, 1823.

Domhnall, mac Alasdair Mhic Mhathain is Sheonaid Nic Coinnich, 1823.

Seoras, mac Uilleam Mhic Aoidh is Chatriona Nic Leoid, 1823.

Fionnaghal, nighean Choinnich Mhic Aoidh is Mhairi Nic Mhathain, 1823.

Peigi, nighean Alasdair Mhic Calamain is Shine Urchadain, 1823.

Cailein, mac Choinnich Mhic Leoid is Anna Ghreum, 1823.

Domhnall, mac Mhurchaidh Dhomhnallaich, is Chatriona Dhomhnallaich, 1823.

Iseabal, nighean Aonghuis Mhic-Gillemhaoil is Chatriona Nic-Gillebhràth, 1823.

Tha latha breith gach leinibh air a thabhairt seachad ann an leabhar a bhaistidh, ach cha robh mi a faicinn aobhar air a thabhairt seachad an so. Tha e soilleir gu'n robh tùr aig an t-seann t-sluagh. Cha robh iad an duil gu'm bu ghnòthach mor e a dha no tri de dhainmeannan a thabhairt air leanabh. Cha 'n fheil ann an leanabh ach creutair lag agus tha gu leoir mhoir dha aon ainm a ghiulan.

Cia miad de 'n fheabhainn a bhaisteadh air Ogust 16, 1824, a tha beo an diugh?

GLEANN-A-BHAIRD.

Re an da sheachduin s'a chaidh fhuaras a mach a thaobh an t-soithich-chogaidh Petropavlovsk, nach robh a cheud sgeul a thainig mu 'call fìor. A mheinn anns 'n do bhuaill i 's leis an robh i air a cur a dhìth, b'iad na h-Iapanaich a chuir i. Bha cheud sgeul ag innse gu'n do bhuaill i le tuiteamas ann am meinn a bh' aig na Ruiseinich fein an cur am beul na h-acarsaid. 'S ann mar a bha, rinn na h-Iapanaich re na h-oidhche meinnean a chur aig beul a mach na h-acarsaid, agus 'sa mhaduinn thainig iad le beagan shoithichean fa chomhair Phort Arthur m'a b'fhìor air-son blar a chur. Thug na Ruiseinich as an deigh, ach an deigh dhaibh faighinn a mach astar beag thainig tuilleadh shoithichean Iapanach am fianuis, 's b' fheudar cur gu port a rithist. Nuair bha iad aig beul na h-acarsaid, bhuaill am Petropavlovsk ann am meinn, 's rinn an spraidheadh a lean uiread millidh oirre 's gu 'n deach i fodha gu grad, a' giulain do'n ghrunnd leatha coir is ochd ceud duine-am measg chach an t-Admiral Makaroff a bha air ur dhol a mach 's anns an robh earbsa mhor is dochas aig Ruisia. Mu gach fios eile thainig, cha urrainnear a bheag a radh. Tha naidheachdan gann 's an luchd-sìridh pailt, agus air an aobhar sin 's coir na thig uapa a dheagh chriathradh mu'n teid a aithris no idir a chreidsinn.

Tha cosdas baile-mor Shidni air a bhliadhna so ri bhi mu cheud gu leth mìle dolair. Tha ceud is aona mìle deug de'n t-suim sin ri bhi air a thogail ann an cìsean, a bhios mar sin na's àirde na bha iad

an so riamh roimhe. Tha roinn nach beag de'n t-suim a dh' ainmicheadh nach buin do 'n bhliadhna so, ach do na bliadhnaichean a chaidh seachad.

Seachduin gus an dé chunnacas da mhuc-mhara anns an acarsaid. Bha aon dhiù, air an d' fhuairleadh deagh shealladh, mu leth-cheud troidh a dh' fhad. Tha daoine de'n bharrail gu'n deach an ruagadh dh' ionnsaidh nan crìochan so leis an deigh mhoir. Faodar a bhi cinnteach nach dean iad céilidh na's fhaide na's fheudar dhaibh; cha 'n tig blàths na h-aimsir anns na cearnan so ri slàinte na muice-mara.

Tha a bhreac gu math pailt air feadh a bhaile so o chionn cheithir seachduinean, ach tha nise coltas gu bheil i dol air ais. 'S e bu choireach i sgaoileadh cho dona nach robh daoine gabhail cùraim dhiu fein a chionn an easlaint a bhi cho aotrom. Bha gu ruige so a mach 'sa stigh mu leth-cheud pearsa tinn leatha, agus bha cuid dhiu sin nach deachaidh fo làimh lighiche idir 's aig nach robh fhios gu dé bh' orra gus an deigh dhaibh a dhol am feobhas. Bu chruaidhe leis a chuid bu mhò an leigheas na'n tinneas, a bhi air an cumail fo chuing fad thri seachduinean 's an sin air an cur gu cosdas a' faighinn na h-easlaint cuibhteas iad fein 's an taighean. Ach tha iad a nise tuigsinn gu bheil an t-àm a bhi toirt oidhirp làidir air a' cur as na crìochan gu buileach. Tha na lighichean a' meas gu bheil mu'n treas cuid de shluagh a bhaile 'n deigh iad fein a dhion cheana leis a bhreac bheag a chur orra, agus cha'n eil fhios nach òrduich bòrd na slàinte gu feumar sin a dheanamh air an da thrian eile a dheòin no dh' aindeoin. Ma mhaireas an easlaint 'sa bhaile àireamh mhios bidh e na chall mor do gach aon a tha gabhail còmhnuidh ann. Bhiodh e mar sin ceart gach ceum dligheach a ghabhail air-son an easlaint a chur fodha gun dàil. Bha na h-eaglaisean air am fosgladh air an t-Sàbaid s'a chridh an an deigh bhi dùinte fad tai seachduinean. Tha na sgoilean air am fosgladh air an t seachduin so cuideachd. Tha baile Ghlace Bay air deigh stad a chur air na càrs a bha ruith eadar an da bhaile, tha eagal orra gu ruig an easlaint an crìochan fein.

Tha dùil ri obair a thoiseachadh an ùine ghoirid air dùnadh ceann a tuath acarsaid Phort Hood. Bliadhnaichean an deigh do'n cheud luchd-àiteachaidh geala tighinn do'n dùthaich bha rudha gainmhich a' ceangal eilein Phort Hood ri tir, a' deanamh acarsaid mhath anns an robh làn thearuinteachd bho stoirm 's bho shruth. Ach chaidh bristeadh a dheanamh air an rudha sin agus an diugh tha uisge domhain far an robh e, agus cosnadh e suim mhor airgid a lionadh suas a rithist. Ach tha'n cladach an iar gle fheumach air acarsaid.

Thairg an t-àrd-riaghladh àite-suidhe 'san t-seanadh do Mhr. C. C. Blackadder, fear paipeir-naidheachd ann a Halifacs. Dhiùlt e an tairgse a chionn nach b' urrainn dha uiread ùine 's bu chòir a bhuileachadh air dleasanasan na dreuchda, leigeil ris gu bheil aon fhear-deasachaidh anns an dùthaich a tha air an neòr-thiang. 'S e Mr. Blackadder an dara fear de mhuinntir Nobha Scotia a dhiùlt àite-suidhe ghabhail 'san t-Seanadh an taobh a stigh de bhliadhna.

AM MAC A B' OIGE.

Leis an Urr. Iain Mac Ruairidh.

CAIBIDEAL X.

DHUISG mi iomadh uair mu 'n d' thainig an latha, ach cha bhithinn fada 'nam dhùsgadh an uair a thuitinn a rithist 'nam chadal. Bha mi 'gam fhaireachadh fhin a' fàs lag agus mar gu'm bithinn a' fannachadh. Mu dheireadh bhuaill goirteas cinn mi, agus thòisich mi ri tuiteam seachad ann an dùsal cadail.

Anns an àm bha mo thùr 's mo chiall agam, agus bha mi coma dhe 'n t-saoghal, agus dhe na bha e 'gealltainn dhomh de shòlas agus de thoileachadh. Cha robh an dòchas bu lugha agam gu 'n cuirinn mo chas air talamh gu bràth. Cha b' urrainn domh mu dheireadh m' inntinn a shuidheachadh tiotadh air rud sam bith. Cha 'n 'eil cuimhne sam bith agam air mar a chuir mi seachad an corr dhe 'n ùine a bha mi 'nam shìneadh ceangailte anns an taigh lom, fhàs ud. Ach aithrisidh mi gun dàil na dh' innseadh dhomh mu dheidhinn an t-suidheachaidh anns an robh mi an uair a fhuaradh mi, agus mar a chuir mi seachad iomadh latha 'na dhéigh.

Tha e coltach gu 'n do thuit mi ann am fiabhrus trom, cunnartach air an treas oidhche dhomh 'bhith anns an taigh ud. Bha mi ann am breislich anabarrach mòr, agus bha mi ri leithid de bhruidhinn gun tùr, gun toinnisg, agus a leithid de sgal cruaidh aig mo ghuth 's gu 'n do shaoil an ciobair air an ath mhadainn, an uair a bha e 'gabhail cuairt air feadh nan caorach faisge air an taigh, gur e 'bh' annam fear a bha 'searmonachadh ann an cànan nach robh e 'tuigsinn. Bha mi, tha e coltach, a' bruidhinn ann an Gailig, agus mar sin cha robh esan a' tuigsinn facal dhe na bha mi 'g ràdh.

An uair a chaidh e steach agus a chunnaic e ceangailte mi ghrad thuirt e ris fhein gur e duine air an dearg chaoch a bh' annam, agus gu 'n do cheangladh an sid mi air eagal gu 'n deanainn cron orm fhin no air daoine eile.

Gun dàil sam bith chaidh an ciobair gu ruige taigh a mhaighstir, a bha mu dhà mhìle air falbh, agus dh' innis e naigheachd gharbh mu m' dheidhinn. An uair a chuala fear an taighe mar a bha, rinn e deiseil gus a dhol a dh' fhaicinn ciod a ghabhadh deanamh rium. Gu fortanach dhomhsa bha 'n doctair a bh' anns an àite ann an taigh an duine chòir an uair a chaidh an ciobair leis an naigheachd g'a ionnsuidh. Bha 'n doctair so 'na dhuine anabarrach sgileil, agus mar an ceudna 'na dhuine ro thruacanta, agus chaidh e comhladh ris na daoine 'dh' fhalbh g'am iarraidh. An uair a chunnaic e mi thuig e anns a' mhionaid nach b' ann air a' chaoch a bha mi, ach gur ann a bha mi ann an àird an fhiabhruis, agus ann an staid cho fìor chunnartach 's gu 'n robh eagal air nach bithinn a' bheag a dh' ùine beò.

Bha mo lamhan agus mo chasan air at, agus bha na cùird leis an robh mi air mo cheangal an deaghaidh a dhol a steach 'nam fheadil. Bha mi air fàs glé lag, ach bha mi sior bhruidhinn mar gu 'm bithinn ann am

meadhainn cuideachd a bha glé thaitneach leam. B' fheudar na cùird a ghearradh mu 'n do ghluaiseadh mi as an àite an robh mi.

An uair a thugadh do thaigh an tuathanaich mi chuireadh 'nam laidhe mi ann am seòmar iomallach far nach cuireadh aon fhuaim a bhiodh air feadh an taighe dragh sam bith orm. Dh' innis an doctair ciod bu chòir a thoirt dhomh, agus a réir mar a chuala mi, ghabh an tuathanach còir, agus a' bhean chòir a bh' aige, uiread de chùram dhìom 's ged bu leotha fhein mi. Fhuair mi aire agus frithealadh fad na h-ùine a bha mi tinn a' cheart cho math 's ged a bhithinn ann an taigh m' athar 's mo mhàthar.

Bha 'n doctair a' tighinn uair 's an latha g' am amharc fad nan deich latha 'bha mi ri uchd bàis.

[TD 171]

[Vol. 12. No. 22. p. 3]

A réir mar a chuala mi cha robh ann ach gu 'n robh an anail sìos is suas annam fad na h-ùine so. Cha b' urrainn iad iomadh uair a dheanamh am mach ach gann co dhiubh a bha mi nam chadal no nam dhusgadh fad na cuid bu mhò dhe 'n ùine. Uairean eile bhiodh mo bhilean a' gluasad mar gu 'm bithinn a' feuchainn ri bruidhinn.

Mu dheireadh thuit mi ann an cadal trom sèimh, agus dh' aithnich iad gu 'n robh mi air faothachadh fhaotainn.

Tha cuimhne mhath agam fhathast, agus bithidh, air an ioghnadh a ghabh mi an uair a chaidh mi na b' fhearr agus a thainig tomhas de mo thùr 's de m' chiall air ais do m' ionnsuidh. Bha mi air dùsgadh á cadal trom, sèimh, ach ged a bha mi nam dhusgadh, bha mo shùilean dùinte. Chuala mi dithis a' bruidhinn gu beag ann am Beurla anns an t-seòmar. Dh' aithnich mi air an guth gur e firionnach is boirionnach a bha 'bruidhinn. Bha m' aghaidh ri cùl na leapadh aig an àm. Thuirt am firionnach: "Cia mar a chuir e seachad an oidhche?"

"Chaidil e," ars' am boirionnach, "cho socair 's cho sèimh o thri uairean 's a' mhadainn 's ged nach biodh cnead air. Bha Mairi anns an t-seòmar gus an robh e mu thri uairean, agus tha i 'g ràdh gu 'n d' rinn e greisean beaga de chadal socrach roimhe sìd, ach ged a bha e 'feuchainn ri car a chur dheth anns an leabaidh, cha b' urrainn e. Ach tha mi 'smaointean gu 'n dean na sia uairean de chadal math a fhuair e feum mòr dha."

"An robh e ann am breislich o'n a bha mi an so an dé?"

"Cha robh. Cha 'n 'eil mi 'n dùil gu 'n d' fheuch e ri facal a radh o'n a chunnaic sibh mu dheireadh e. Tha sibhse 'g ràdh gur e Gàilig a tha e 'labhairt. Nach neonach nach cualas fhathast ach gann aon fhacal Beurla uaithe. Cha 'n 'eil mi 'tuigsinn cia mar a b' urrainn da a rathad a dheanamh troimh 'n dùthaich gun Bheurla."

“An uair a theid e beagan na 's fhearr na tha e, cluinnidh sibh Beurla gu leòr uaithe, ar neo tha mise gu mòr air mo mhealladh. An uair a tha daoine ann an àirde tinnis agus ann am breislich is i a' chainnt mhàthaireil a bhios iad a' labhairt mar is trice. Tha sibhse an deigh dragh gu leòr fhaotainn an lorg a thinneis. Tha mi 'n dòchas gu 'n nochd e 'thaingealachd dhuibh an uair a dh' éireas e bharr na leapadh ud. Mur b'e an fhaicill agus an cùram a fhuair e uaibh uile cha 'n 'eil mi 'creidsinn gu 'm biodh e beò an diugh. Ged a bhiodh a mhàthair ri thaobh cha b' urrainn i dheanamh ris ach mar a rinn sibh.”

“Cha 'n 'eil fhios am bheil a mhàthair beò. Ach bitheadh no na bitheadh, tha mise 'creidsinn gu 'm b'e mo dhleasdanas deanamh ris mar a rinn mi. Chaill mise mo mhac bu shinne ann an tìr chéin, mar a tha fhios agaibh, agus tha eagal mòr orm nach robh aire agus ceartas aige mar a dh' fheumadh e an uair a bha e ann an galair a bhàis. Shaoilinn nach bithinn 'g a ionndrainn a leith cho mòr nan robh dearbhadh agam gu 'n d' rinneadh a h-uile rud a ghabhadh deanamh air a shon an uair a bha e tinn. Tha Dia ag ràdh: Gach ni bu mhiann leibh daoine dheanamh dhuibh, deanaibh-se a leithid dhaibhsan mar an ceudna. Fo laimh a' Chruthifhir, a dhoctair, is sibhse a shàbhail a bheatha.”

Ma labhair no nach do labhair iad an corr mu m' dheidhinn, cha 'n 'eil fhios agam, oir thuit mi 'nam chadal. Bha mi anabarrach lag; agus o 'n a bha iad a' bruidhinn cho iosal air eagal gu 'n dùisgeadh iad mi, agus iad an dùil gu 'n robh mi 'nam chadal, shàraicheadh mi a' feuchainn ris a' chomhradh a bha eatorra a leantuinn agus a chumail air chuimhne.

Cha robh mi cho math an oidhch' ud, no air an ath latha. Cha do thuig mi riamh gus a' sid gu 'm bheil daoine 'deanamh cron mòr an uair a tha iad a' labhairt mòran bhriathran ann an seòmar duine a tha glé lag agus tinn.

Beag air bheag thòisich mi ri tighinn air aghart. An deigh do 'n tinneas falbh dhìom bha mi fad iomadh latha glé lag. Bha eagal orm nach fhaighinn mo neart air ais gu bràth.

Cha leigeadh bean-an-taighe leam a' bheag de bhruidhinn a dheanamh a' cheud dhà no trì laithean an dèigh do 'n fhiabhrus falbh dhìom, ged a bha fìor thoil agam fios fhaotainn mu deidhinn mar a thugadh do 'n taigh mi, agus cò bha cho iochdmhor agus cho truacanta 's gu 'n d' thug iad ann mi. Thuir i rium gu 'n robh mi na bu laige na bha mi-fhin a' creidsinn, agus nach freagrach mòran bruidhne orm.

An uair a fhuair mi cead o bhean-an-taighe mo naigheachd innseadh, dh' innis mi dhi mu dheidhinn teaghlach m' athar, agus a h-uile car mar a dh' éirich dhomh o'n a dh' fhalbh mi á taigh m' athar. An uair a chual' i mar a chuir an companach siubhail a bh' agam lion mo mhillidh mu m' chasan, ghabh i uamhas, agus thuir i gur gann a chreideadh duine gu 'n deanadh daoine a ràinig aois a leithid de dhroch dhiol air duine òg mar a bha mise, agus gu 'm faoidteadh a ràdh gu 'n robh mo bhàs air an lamhan, mur b'e gu 'n do thuit do 'n

chìobair a dhol rathad an taighe anns an robh mi ceangailte.

An deigh dhomh éirigh as an leabaidh cha b' urrainn domh ceum coiseachd a dheanamh a' cheud latha gun chuideachadh bata. Cha do chreid mi riamh gus a' sid gu 'n tugadh greis de thinneas neart duine cho buileach air falbh. Bha mi trì seachdainean air mo chois mu 'n d' thainig a' bheag a b' fhiach dhe mo neart air ais g' am ionnsuidh. Ach an uair a thoisich mi ri fàs laidir, dh' aithnichinn cuid gach latha 'tighinn orm fhin.

Cha b'e mhain gu 'n robh suim agus curam mòr aig muinntir an taighe dhìom, ach bha 'n doctair a' gabhail suim dhìom mar an ceudna. Air lath' àraidh an uair a bha mi 'coiseachd air mo shocair air an rathad mhòr mu mhìle air falbh o thaigh an tuathanaich, thachair e rium, agus an uair a thug e orm suidhe ri 'thaobh air bruaich an rathaid, thug e comhairle no dhà orm a rinn feum mòr dhomh gus an lath' an diugh. Cha ruig mi leas an ainmeachadh an so, oir cha 'n 'eil mi 'smaointean gu 'm biodh e iomchuidh dhomh comhairlean dìomhair a bheireadh dluth-charaid orm innseadh do dhaoine gu follaiseach.

(Ri leantuinn.)

DONNACHA BAN MAC-AN-T-SAOIR

LE IAIN ROTHACH 'SAN OBAN.

RUGADH Donnachadh Bàn ann an Druimliaghairt, an Gleannurachaidh, làimh ri màthair-uisge abhuinn Urachaidh, far an robh am bradan tarra-gheal am pailteas; agus mu 'n abhuinn so tha an sean-fhacal ag ràdh:—

“Fhad 's a bhios sneachd air Cruachan
Cha bhi pathadh air Urachaidh.”

'S ann do Ghleann-Eite a bhuineadh Clann-an-t-Saoir. Bha e fad mòran linn-tean 'n a còir aig Clann-an-t-Saoir a bhi 'nan luchd-gleidhidh nam Frìth do 'n Rìgh agus do thighearnan Lathurna. 'S ann an Gleann-nodha a bha an ceann-feadhna, agus tha 'm bàrd ag ràdh,—

“'S rìoghail eachdraidh na chualas
Riamh mu d' phàirtidh,
'S lìonmhor an taic na tha suas diubh,
Na 'm biodh càs ort:
Tha gach buaidh eile d' a réir sin,
An Gleann-nodha féin an tàmhachd,
Pìob is bratach is neart aig Seumas,
An ceann-cinnidh nach tréig gu brath sinn.”

Tha seann eachdraidh ag innseadh gur ann mar so a fhuair Clann-an-t-Saoir an ainm:—Bha bàta a' tighinn á Eirinn do 'n Ghàidhealtachd, agus dh' fhalbh aon de na pinneachan aisde 's bha coltas air a' bhàta dol fodha. Chuir aon de na gaisgich 'òrdag anns an toll agus

ghabh e an tuagh agus ghearr e dheth 'òrdag, agus shàbhail e am bàta; agus an dèigh sin bha a shliochd air an ainmeachadh "Clann-an-t-Saoir."

"Bha sibh uair gu grinn a' sèoladh
Air tuinn sàile,
Chaidh tarruing á aon do bhòrda
Druim a' bhàta,
Leis a' chabhaig spàrr e 'n òrdag
Sios 'na àite.
'S bhuaile e gu teann leis an òrd i,
'S ceann d' i fhàgail.
An onoir a fhuair an saor Sléibhteach,
Leis gach treuntas a dh' fhàs ann,
Ghleidheadh fhathasd da shliochd féin i,
A dh' aindeoin eucorach gach namhaid."

Tha e air a ràdh gu 'n robh aig aon àm ceithir cheud teaghlach de 'n chinneadh ann an Gleann-Eite, ach gu 'n deachaidh am fuadach air falbh 'dh' America, agus gu 'n deachaidh an ceann-feadhna maille riu, agus gu bheil oighreachan fhathast anns an dùthaich sin.

An àm bruidhinn air Gleann-Eite, faodaidh e 'bhi air 'ainmeachadh gu bheil e air a ràdh gu 'n d' fhuair Mac Mhaighstir Alasdair a bhean, Sìne Dhòmhnallach, bho Dhail-an-Eas ann an Gleann-Eite; agus 's e Mac Mhaighstir Alasdair an aon bhàrd a thig ann an uisge na stiùrach do Dhonnachadh Bàn: agus, mar sin, 'nuair a bheirear a cheud àite do Dhonnachadh Bàn gu 'n toirear an dara h-àite do Mhac Mhaighstir Alasdair; 's e sin beachd an Oide fhòghluim Mac 'Ille Dhuibh agus sgoileirean ainmeil eile.

'S ann anns a' bhliadhna 1724 a rugadh Donnachadh Bàn. Tha sinn an comain mhòr do Mhr. Uilleam Mac Coinnich an Dùnéideann air son an fhorfhais a thrus e a tha 'toirt eachdraidh na 's mionaideiche na 'bh' againn mu theaghlach a' bhàird. Tha coltas follaiseach ann gu 'n robh aig a' bhàrd triùir mhac-Seumas, Pàruig, agus Domhnall-agus dà nighinn, 'n a theaghlach. Bha Anna air a pòsadh ri Doctair Mac Neachdainn àraidh ann an Cill-Fhinn; agus tha fear Mr. MacNeachdainn iar-ogha do 'n bhàrd, fhathast a làthair ann an Dùn-éideann. Cha d' fhuair Mr. MacCoinnich a mach sgrìobhadh mu phòsadh a' bhàird, ach ann an leabhair cuimhne nam baisteadh tha sgrìobhadh a bhuineas gun teagamh do theaghlach a' bhàird; agus 's ann mar so a tha 'n sgrìobhadh a' seasamh anns an leabhar:—<eng>"12th June, 1762, Donald, born to Duncan MacIntyre, fox hunter, Drumliaghairt."<gai>

B' ann 'sa bhliadhna 1799, 'nuair a bha Donnachadh còig-deug is tri fichead bliadhna dh' aois, a bha e air 'fhuasgladh bho na <eng>"Breadalbane Fencibles;"<gai> agus 'nuair a bha e 'g am fàgail, thugadh dha sgrìobhadh mar theisteanas d' a dheadh chaithe-beatha ré na h-ùine a bha e leò.

'Nuair a dh' aonaich e e-fhéin do Fhreiceadan Baile Dhùin-éideann, ghleidh a bhean, Màiri Bhàn Og, bùthan anns an <eng>"Lawn Market;"<gai> agus fhuair am bàrd a leithid de dheadh-ghean bho na

h-uachdarain 's gu 'n d' thug iad cead dha mart a chur air feur ann an àite a bhuineadh do 'n Chaisteal.

Tha e air a ràdh nach robh sgoil aig a Bhàrd; faodaidh sin a bhith, ach tha na h-orain eireachdail aige a' leigeil fhaicinn gu 'n robh ionnsachadh na b' àirde na sgoilearachd chumanta aige; gu 'n robh tàlant an agus buadhannan inntinn

[TD 172]

[Vol. 12. No. 22. p. 4]

agus cridhe aige a bha thar thomas; agus ged a bha e coltach ri Homer, anns nach d' fhuair e cothrom-sgoil', gu'n robh e le sìor bheachd-smuaineachadh air obair nàduir an Uile-Chumhachdaich mu 'n cuairt air, bho latha gu latha, a' faotainn teagaisg nèamhaidh d'a anam. Fhuair maisealachd nam beann agus na bha chòmhnuidh orra a leithid de ghreim air 's gu 'n robh e air a chomh-éigineachadh na chunnaic 's na chuala e, a chur ann am briathran a chum 's gu'm bitheadh an t-àl a thigeadh 'n a dhèigh a' faotainn sòlas agus buannachd bho na nithibh sin a bha 'toirt tlachd agus toilinntinn do'n bhàrd.

Tha na h-orain làn de smuaintean domhain agus brìoghmhor; agus air son nam briathran snasmhor agus fileanta anns an do chuir e an cèill glòir agus oirdhearcas nam beann, nan gleann, 's nan coireachan, agus maise nan damh-donn 's na h-éildean, cho mhath 's na thubhairt e mu'n bhradan tarra-ghlas agus am breicein, 's a' mheanbh-chuileig, tha sinn fo chomain do-labhairt do Dhonnachadh Bàn anns an dìleab luachmhor so a dh' fhàg e againn. Cha deachaidh a leithid de bheirteas bhriathran ann an Gàidhlig a chur ri chéile bho làithean Oisiam.

Chaidh an ceud chlà-bhualadh de na h-orain a chur a mach anns a' bhliadhna aon mhìle, seachd ceud, trì fichead 's a h-ochd; agus an dara chlà-bhualadh anns a' bhliadhna aon mhìle, seachd ceud, ceithir fichead 's a deich.

Tha 'n gnàth-fhocal ag ràdh—"Cha 'n 'eil duine gun fhàillinn; 's cha'n fheàrr a leabhar na e-fhein." A nis, cha 'n 'eil mise so an nochd ag ràdh nach robh fàillinnean ann an Donnachadh Bàn; ach cha'n ann ris na fàillinnean a tha mo ghnòthach aig an àm; their mise, "An duine a tha gun fhàillinn, tilgeadh e a' cheud chlach!"

Tha 'm Bìoball ag ràdh mu Rìgh Solamh gu 'n do sgrìobh e mìle agus còig orain, agus gu'n do labhair e mu'n t-seudar ann an Lebanon gus an hisop a thig a mach as a' bhalla. Mar an ceudna sgrìobh Donnachadh Bàn mu bheanntan, agus mu bheathaichean na seilg; air craobhan agus air luibhean, air iasg agus air eunlaith, air an t-seillein agus air an amadan-fheòir, agus air an fhighheadair ud, an damhan-allaidh. Ach, a chàirdean, ciod è 'm maith dhomhsa a bhi 'feuchainn ri Loch Eite a thaomadh le gob an dreathan-duinn? 'S e sin an coimeas a's dlùithe a tha 'tighinn fainear domh ann a bhi

'feuchainn ri bhi moladh agus a' tomhas luach òrain Dhonnachaidh Bhàin.

Air aon latha chaidh Donnachadh Bàn do thigh-òsda Mhàm-Charaidh air son dram, agus thug bean-an-tighe a leanabh dha tra bha ise a' freasdal. Thubhairt Donnachadh 's e 'toirt d'i an leanabh air a h-ais:—"Sin do leanabh eireachdail! 'S gu dearbh 's fhiach i aire mhath a thoirt oirre: théid a h-iomradh fad agus farsuinn; agus na dì-chuimhnich gu robh mise 'g a banaltrachd!" Mar sin, a chàirdean, tha sinn a' faicinn gu'n robh Donnachadh Bàn 'n a fhàidh cho math ri bhi 'n a bhàrd; a chionn, an ceann bhliadhnachan an déigh sin 'nuair a dh' fhàs an leanabh gu bhi 'n a maighdean, fhuair am bàrd i "Le pòsadh ceangailt' o'n chléir," agus tha i nis iomraideach feadh an t-saoghail mar "Mhàiri Bhan Og."

Cho fhad 's a mhaireas a' Ghàidhlig mairidh "Beinn Dòrain" agus "Coire-Cheathaich:" agus c' àite 'bheil facail na 's blàithe na "Màiri Bhàn Og," ged nach 'eil e fhathast air a dheanamh cinnteach co 'n sloinneadh a bha aice. 'Si mo bharail gu 'm b' i nighean do'n Bharan Mac Neachdainn; agus tha 'm bàrd ag ràdh ri Màiri Bhàn òg:—

"'S mise 'bha aobhach t' fhaotainn mar-riam,
'S crodh-laoigh a' bharain a' d' dheigh."

"'S i Màiri Nic-Neachdainn
Is dàicheile pearsa,
Ghabh mìs' uiread bheachd ort
Ri neach a tha beò."

"Fòghnaidh sud domh còrr a's bliadhna
'Chumail snìamh ri nigh'nn a' Bharain."

Chuala mi seann daoine ag ràdh sin; agus ged a tha ceud agus ceithir fichead bliadhna bho 'n a rugadh Donnachadh Bàn, cha 'n 'eil an latha aige cho fada air falbh ma smuainicheas sinn gu 'm faca m' athair Donnachadh Bàn; agus bha mi a' labhairt ri ministear an latha roimhe a thubhairt rium gu 'n do thaghail Donnachadh Bàn agus a bhean air a sheanair-san, a bha 'n a mhinistear am Bàideanach, agus gu 'n dubhairt am ministear ris a' bhàrd, "An i so Màiri bhàn òg?" agus fhreagair Donnachadh, "'S e sin 'n a bheil air fhagail dhi!" Bha sin bliadhna no dha mu 'n do chaochail am bàrd. Is maith a's fhiach an co-dhùnadh agus a' mharbh-rann aig a' bhàrd a leughadh; tha iad a' leigeil fhaicinn dhuinn gu 'n robh am bàrd a' toirt aire do na nithibh spioradail, agus gu'n robh e ag earbsa ris an Fhear-Shaoraidh air son sith agus slàinte anaim. Tha e eucomasach domhsa dol gu mionaideach a dh' fheuchainn ri bhi meas na h-òrain fa-leth; feumar sin fhàgail gu àm eile; ach 's fhiach iad uile an leughadh gu bichionta.

Rinn Iain Mac-an-t-Saoir òran-molaidh do Dhonnachadh Bàn. B'e so an t-Iain Mac-an-t-Saoir ris an abradh muinntir an Obain "Cruachan;" agus bha Dòmhnall Mac-an-Aba agus e-fhéin aon latha aig ceidhe Carraig-a-ghràin agus chunnaic Donnachadh Sheana-chinn iad gu h-àrd air bòrd bàta-na-smùide d' am b' ainm "Ben Nevis." agus ghlaodh e a

mach gu'm b'e sud an sealladh gun a leithid, "Cruachan" air mullach "Ben Nevis!"

'Nuair a bha Donnachadh Bàn a' dol feadh na Gaidhealtachd a' trusadh ainmeannan luchd-cheannaich air son an leabhar-òran aige, a bha anns an àm ann an làmhan nan clò-bhuailteirean, thachair dha air Di-Sathuirne sònraichte a bhi 's an Oban, agus a' coiseachd dha am measg na sràidean choinnich e Uilleam Dubh Mac-an-t-Saoir. Bha aig Uilleam Dubh soitheach d' am b' ainm an "George," agus bha i aig an àm an acarsaid an Obain. Chaidh an dà charaid le chéile do Thigh-Clach-a'-Gheòidh, tigh-òsda a bha aig fear Iain Mac-an-t-Saoir. Bha Iain aig an tigh tra thaghail iad, agus chuir an triùir seachad beagan ùine còmhla. An déigh dhaibh siola no dhà a dh' uisge-beatha òl, thubhairt Uilleam Dubh gu'm bu mhaith leis gu'n rachadh iad uile air bòrd an "George," agus gu 'n gabhadh iad seòl còmhla.

Bha Iain agus Donnachadh toileach, agus chaidh an triùir air falbh air bòrd; agus cha do dhi-chuimhnich iad botul a dh' uisge-beatha 'thoirt leòtha. Sheòl iad a mach am measg nan eileinean, agus bha e anmoch 's an oidhche mu'n do phill iad.

Chaidh iad air an ais gu Tigh-Clach-a'-Gheòidh. Anns an t-seomar far an robh iad ri cadal bha da leapa cas ri cois. Bha na daoine sgith agus cadalach, agus chaidh iad a laidhe. Chaidil Donnachadh Bàn agus Uilleam Dubh ann an aon leaba agus Iain anns an leaba eile.

Bha latha na Sàbaid gu maith air aghaidh mu'n do dhùisg iad. B'e Donnachadh Bàn a dhùisg an toiseach, agus ghlaodh e mach ri càch, "Ho 'fheara! Ciod e an saod a th' oirbh an diugh?"

Freagair Iain Mac-an-t-Saoir mar so:-

"Cha chuir mi mo chas 'am bàt'
'S cha téid mi gu bràth air muir,
Oir leis na dh'òl mi 'n raoir de'n dram
Is bochd 'tha mo cheann an diugh;
Mo mhìle mallachd do Donnachadh Bàn,
'S mur a's fheàrr do Uilleam Dubh!"

B'e sin an t-Iain Mac-an-t-Saoir a rinn an t-òran a' moladh Donnachadh Bàn a tha air a thabhairt aig deireadh leabhair Dhonnachaidh Bhàin.

Tha e air a ràdh 'nuair a sguir Uilleam Dubh de obair na mara, gu'n do ghabh e-fhéin no h-aon d'a theaghlach an Tigh-òsda ann an Sràid Dheòrsa 's an Oban, agus gu'n deachaidh ainm na soitheich a bh' aig Uilleam Dubh, an "George," a thoirt air an tigh. Tha an tigh fhathast ri fhaicinn fo'n ainm an "George Hotel."

A' Chleith-Sheanachais mu dheireadh a bha 'n Earraghàidheil de Bhàird Thuathaich nach buineadh do'n t-Siorramachd:-Rinn iad an rathad gu tigh-òsda Chùil-Phàil, ann am Meillàird, agus fhuair iad an fhàrdach dhaibh fèin, oir cha robh deasbair 's an dùthaich a bheireadh còmhail dhoibh. Gu math fortanach do fhear-an-tighe

ràinig Donnachadh Bàn Mac-an-t-Saoir o bhràigh Ghlinn-Urchaidh gun aon fhios a bhi aige gu'n robh leithid dhe sin roimhe. Cha d' aithnich fear-an-tighe an coigreach, ach dh' innis e dha nach b' urrainn dha aoidheached na h-oidhche a thoirt dha; gu'n robh an tigh air a ghabhail a réir gnè an latha le trì bàird gus an tigeadh deasbair a bu mhurraiche na iadsan; gu'n robh Ailean Buidhe, bàrd na dùthcha, air falbh bho'n tigh aig an àm. Lìon an t-òsdair a' chuach as an t-searrag agus thug e do'n choigreach i.

"Ni i so an gnothach air a' cheud fhear dhiubh!" ars an coigreach, 's e tionndadh na lùdaig. "O'n a tha mi cho fliuch, cuir an rathad a rithist i!"

Rinneadh i sa a thràghadh leis na fadail, "Ni i sb an gnothach; fàgaidh sinn am fear eile anns a' bhuil. Leig fhaicinn an dorus!"

"B' fhearr leam na bh' agam 'thoirt dhuit na gu'n nàraicheadh tu'n dùthaich," fhreagair fear-an-tighe; "fuirichidh sinn gus am pill Ailean Buidhe."

"Tha mo chasan rùisgte, ceum na's fhaide cha téid gus an toir mi còmhdhail do na coigrich!"

Ghrad dh' fhosgail Donnachadh an dorus, ach b'i 'fhàilt o phrìomh-fhear na cuideachd, "Seas air ais gus an cluinn sinn do rann!"

An sin thubhairt Donnachadh:-

"Innsidh mise dhuibh mo rann
Mar mhaide cam 'an cuail.
Ma's dìreach leibh cuiribh ann,
'S ma's cam leibh cumaibh uaibh!"

Cha d' fhreagradh a rann anns an tìm shuidhichte, agus thubhairt Donnachadh-

"Ged a chuireadh na bàird thuathach
An cinn chruaidh ri chéil',
Bheirinn orra le eagal 'bhi
Gaolach air eaba a chéil'."

Air so thog na suinn an giobail-uisge, agus dh' fhàg iad Tigh Chuil-Phàil aig Donnachadh Bàn nan òran.

Air oidhche eile bha doctair àraidh agus dà mhaor ann an tigh-òsda Chùil-Phàil 'nuair a ràinig Donnachadh 's a chaidh e stigh do'n t-seomar far an robh iad a' suidhe aig a' bhord le pailteas de bhìadh agus de dheoch f' an comhair. 'Nuair a dh' aithnich an doctair agus an dà mhaor cò 'bh' aca, chuir iad fàilt air, agus thairg iad aoidheachd chàirdeil dha.

An déigh dhaibh a bhi 'g òl le cridhealas an cuideachd a chéile gus an robh e gu math anmoch 's an oidhche, dh' éirich Donnachadh Bàn agus thubhairt e ris an fheadhainn eile gu'm b' iomchuidh dha-san a

dhol d'a leabaidh, oir gu 'n robh aige ri bhi tràth air a chois 's a' mhadainn. Dìreach mar a bha 'm bàrd a' fosgladh dorus an t-seòmar, thubhairt aon de na maoir ris—"Nis, a

[TD 173]

[Vol. 12. No. 22. p. 5]

Dhonnachaidh, cha'n fhalbh thu gus an dean thu rann dhuinn!"

Sheas am bàrd aig an dorus air son tiota, agus an sin thubhairt e:-

"S iomadh rud a chunnaic mi riamh,
Is tha mi liath an déigh 'bhi bàn;
Ioghnadh a chunnaic mi an raoir,
Dà mhaor an tigh Chùil-Phàil;
Bha dà mhaor agus doctair,
'S bha 'n triùir air an daorach mhisg,
'S cha 'n iarr mi dh' athchuinge 'n domhain
Ach mo chumail bho 'n iochd!"

Tha na naigheachdan a leanas air an innseadh ann an caochladh dhòigh a réir 's mar a bha iad air an aithris, ach tha aon phong annta a's fhiach ar n-aire; agus 's i sin, gu'n do choinnich mac Mhaighstir Alasdair agus Donnachadh Bàn, agus gu'n robh iad eòlach air a chéile.

Bha Mac Mhaighstir Alasdair aig faidhir a bha 'm baile a' Ghearasdain, agus 'nuair a chuala e gu 'n robh Donnachadh Bàn an sin mar an ceudna, dh' iarr e gu'n comharraicheadh cuideigin Donnachadh Bàn a mach dha. Thubhairt fear dhiubh ris, "Am faic thu am fear ud a' tighinn a nuas aig creagan a' Ghearasdain 's a cheann bho na guaillibh na 's àirde na 'chompanach? Sin agaibh Donnachadh Bàn!"

Chaidh Mac Mhaighstir Alasdair far an robh Donnachadh agus thubhairt e ris, "An tusa a rinn "Beinn Dòrain?"

"Cha mhise a rinn Beinn Dòrain," arsa Donnachadh; "'s e Dia a rinn Beinn Dòrain an àm 's an d' rinneadh an còrr de na beanntainnean, ach thug mise oidheirp air a moladh!"

Aig faidhir eile a bha ann an Gleann-urachaidh bha Donnachadh Bàn ag iarraidh air Iain Caimbeul a' Bhanca dlighe-a'-bhàird air son an òran-molaidh a rinn e dha. Thubhairt Iain Caimbeul ris nach b' urrainn da an còrr a dheanamh ach a mholadh. "U! nach urrainn?" arsa Donnachadh, agus an sin thòisich e air rannan-diomolaidh a dheanamh. So mar a thòisich e:-

"Iain Chaimbeul a' bhanca,
Gu 'm faicinn thu slàn,
Le d' churrain is le d' chàl
'S le d' bhuutàta gun fheòil;
'S tu marcaich an t-sean-eich

A 's bramanta ceum
Le d' shrathair 's le d' chléibh
A' toirt dhachaidh nam moin',
Maide-crom air a dhroll."

Thug Iain Caimbeul air sgur, agus rinn e a dhlighe ris a' bhàrd.

Tha e air 'innseadh gu'n robh Mac Mhaighstir Alasdair air latha aig Tighchreagain, Taobh-Loch-àtha, agus chunnaic e-fhein agus an fheadhainn a bha leis aig taobh an locha, bàta a' tarruing dlù do'n àite far an robh iad 'n an seasamh. Cha robh ach aon duine anns a' bhàta còmhla ri gillean-aiseig. Thubhairt fear a bha 'bruidhinn ri Mac Mhaighstir Alasdair, "Tha 'n duine ud a tha 's a' bhàta glé choltach ri Donnachadh Bàn nan Oran!" 'Nuair a ràinig am bàta far an robh iad, ghlaodh Mac Mhaighstir Alasdair a mach, "Cò a 's àirde air a' bhàta so?"

"Tha, an crann, 'nuair a bhitheas e 'n a sheasamh!" fhreagair Donnachadh, oir b' esan a bh' ann.

"Cha 'n e sin a tha mi a' ciallachadh," thubhairt Mac Mhaighstir Alasdair, "'sann a tha mi a' ciallachadh cò a's maighstir oirre?"

"Tha, an stiùir," thubhairt Donnachadh, "nuair a bhitheas i oirre!"

'Nuair a fhuair iad air tìr, thug an gille Donnachadh Bàn leis do thigh 'athar a chur seachad na h-oidhche. Thug bean-an-tighe dhaibh buntàta-pronn gu'n suipeir. Bha 'n gille ag itheadh gu dian togarrach, agus thubhairt Donnachadh ris—"Is math a luchdaicheas tu, 'ille!"

"Seadh," ars' an gille, "cha'n 'eil an uchdach ach goirid!"

"Ciamar a tha 'm buntàta a còrdadh ruibh?" dh' fhaighnich bean-an-tighe.

"Bhitheadh e duilich a thoileachadh, am fear nach còrdadh am buntàta ris," fhreagair Donnachadh; "am fear leis am bu mhaith leis pronn e, gheibheadh e pronn e, agus am fear leis am bu mhaith leis cnapach e, gheibheadh e cnapach e!" "Nach sibhse Donnachadh Bàn nan òran? thubhairt ise.

"'S mi," thubhairt esan.

"Nach sibhse a rinn 'Beinn Dòrain?'" dh' fhaighnich i.

"Ut, ut, cha mhi, cha mhi! Cha d' rinn mise riamh meall cho àluinn ri sin, ach thug mi ruith-mholaidh oirre!" thubhairt Donnachadh.

"Obh, òbh!" ars' ise, "'s truagh nach robh an dà theanga agaibh."

"Ma-ta," ars' esan, "'nam bitheadh an dà chànain anns a' bhun a' th' agam, dheanadh e 'n gnothach!"

Tha teudan agus freumhan anns a' Ghàidheal nach bean agus nach gluais canain ach a' Ghàidhlig. Nach math dhuinn gur e ar sochair coinneamhan agus ceilidhean a bhi againn air son na Gàidhlig a chumail a suas, agus gu'm faod sinn a bhi leughadh agus a' seinn orain Dhonnachaidh Bhain agus a bhi cridheil càirdeil gun ni de dheoch-làidir a bhi againn a chur ar ceann troimh chéile 's ar teangannan gu bhi a' labhairt gu breisleachail. Mar sin deanamaid air dleasnas ri cuimhe Dhonnachaidh Bhàin leis gach uile oidheirp a thabhairt air son na Gàidhlig a ghleidheadh a suas, agus leis a bhi feuchainn ri tuille eòlas fhaotainn air Donnachadh Bàn, a chum 's gu 'n téid leabhar ùr de 'òrain agus de 'bheatha a chur a mach air son buannachd na Gàidhlig. Thachair dhomh a bhi madainn bho cheann 'ghoirid ann an garbh-chrìochan uachdrach Ghlinn-Urachaidh, agus bha a' ghrian a' dearsadh le boillsgeadh blàth air gach monadh is srath, a' foillseachadh maisealachd agus mòralachd nam beann. Bha sneachd cho trom air na mullaichean agus gu'n robh na féidh ri fhaicinn a' gluasad a sìos ri ìochdar nam beann far an robh fasgadh ann am preasalachd coille, agus feur ùr. Thug sin 'am chuimhne an sean-fhocal, "Meallaidh am biadh fiadh na beinne." Chunnaic mi sin Rìgh na Frìthe le 'chròic eireachdail a' fàgail na coille-bige is a' tarruing a sìos ris an allt, agus thàinig an sean-fhocal am aire,

"Diomol a' choille, 's na fàg i;
Mol an lom-thir, 's na ruig i.

Cha b' urrainn domh ach beachd-smuaineachadh air an t-sealladh anabarrach a bha ri fhaicinn air gach taobh; gach beann le 'chòta de shneachd fìor-ghlan, mar gu'm bitheadh gach aon deasaichte ann an aodach-bainnse, agus Beinn Dòrain 'n am meadhon mar Bhean-na-bainnse ann an sròltaibh geala, le 'maighdeanan, 's an culaidhean a' deàrsadh air gach taobh; agus tolman cruinn àrd air a chòmhdachadh le sneachd mar gu 'm b'e bonnach-bainnse deas air a shiùcarachadh geal air son cuirm-bainnse nam Beann.

Chaidh mo dhùsgadh as a' bheachd-smuaineachadh so le feadaig chruaidh bho lon-dubh ann am preas-sheilich a bha làimh-rium; agus 's e so, mar gu 'm b' eadh, na thubhairt an lon-dubh:—"An ann ag iarraidh naigheachd mu Dhonnachadh Bàn a tha thu? Ma's ann, cum do shùil air damh na cròic, agus éisd le cluais ealamh. Tha sibhse 's an Oban a' smuainteachadh gu bheil sibh fad air aghart; ach fada roimh latha Dhonnachaidh Bhàin bha againne còmhradh-dealanaich gun fheum air sreangannan-stàilinn. Eisd a nis;" agus dh' éisd mi, agus thàinig a nall thar an t-srath mar gu'm bitheadh srann gaoith ìosal.

'S e, ann an seadh, a thubhairt an Damh-donn:—"Bu mhath a b' aithne domhsa Donnachadh Bàn. B'e roghadh an t-sealgair a bh' ann, agus ged a bha e dian oirne air son ar marbhadh, 's fada bho'n a thug sinn maitheanas dha, a chionn gu'n do mhol e ar cinneadh agus na beanntan far an robh sinn a chòmhnuidh; agus tha sinn ag ionndrainn nan ceileir binn a bha air am freagairt le mac-talla nan creag 'nuair bha Donnachadh Bàn a' seinn nan òrain air Buachaill'-Eite agus Beinn-Dòrain. Leig dhomh cagar a chur 'ad chluais. Ma's math le Comunn Gàidhealach Lathurna cuimhne a ghleidheil air Donnachadh Bàn, bitheadh iad, anns a' cheud àite, gun tuille moille a' trusadh gach

sgeul a ghabhas faotainn mu'n Bhàrd. Mur greas sibh oirbh bithidh am Fogharadh seachad.

"Anns an dara h-àite: cruinnicheadh iad leabhraichean Gàidhlig ann an àite far am bi cothrom air an leughadh. 'S aithne dhòmhsa fear-cinnidh do'n bhàrd aig am bheil dòrlach de sheann leabhraichean Gàidhlig deas air son co-chruinneachadh de 'n t-seòrsa.

"'S an treas àite: togadh iad Tigh-neònachais an cuimhne a' Bhàird. Ni sin àite-coinneachaidh air son Comunn Gàidhealach Lathurna, agus àite-tasgaidh air son seudan a bhuineadh do'n Bhàrd. Tha mi dearbhta gu'm bheil mòran de Chloinn-an-t-Saoir agus de Ghàidheil eile, a bheireadh cuideachadh air son leabhraichean Gàidhlig agus nithean iongantach a bhuineadh do'n Ghàidhealtachd a chruinneachadh ann an Tigh-neònachais 's an Oban Lathurnach. Tha mi dearbhta mar an ceudna gu'm feuchadh an t-àrd sàr-fhear, Dùghall MacIsaac, air greim fhaotainn air a ghunna do 'm b' ainm 'Nic Coiseam,' agus an spor 's an stàilinn a bh' aig a' Bhàrd. Cò aig am bheil fios na nithean iongantach eile a ghabhadh trusadh!

"Anns an àite mu dheireadh: Na di-chuimhnichibh Faidhreinean matha a thabhairt do na Maighstirean-sgoile air Di-Luain-an-t-Sainnseil, na maighstirean-sgoile a tha a' deanamh an dleasnas ris a' Ghàidhlig a theagasg anns na sgoiltibh."—<eng>Oban Times.<gai>

Bha fear Domhnull Gillios air a ghlacadh aig Orangedale 's air a thoirt air ais do Shidni air amharus gu 'n do ghoid e da uaireadair is deise aodaich bho fhear eile bha 'san aon tigh ris aig Dominion No.l. Thugadh fa chomhair a Bhreitheamh Dodd e, agus an sin roghnaich e bhi air fheuchainn aig cùirt-mhor an t-samhraidh.

Tha na h-acarsaidean, na lochan 's na h-aibhnichean a nis saor o dheigh, agus an ùine ghoirid bidh soithichean is bàtaichean a' falbh gu siubhlach. Bhrist an deigh air acarsaid Shidni mu'n fhicheadamh latha, agus rinneadh na bàtaichean ullamh gu toiseachadh ri ruith an aiseig, ach thainig beagan de 'n deigh mhoir a stigh, 's tha iad gu ruige so air an cumail na 'n tàmh air taille sin. Tha cuibhrichean a gheamhraidh mu dheireadh thall air am bristeadh, agus cha 'n fhada gus am bi nàdar uile a' cur suas culaidh an t-samhraidh.

Tha an cruithneachd an dràsda sia sentichean deuga am buiseal na's daoire na bha e mu'n àm so an uiridh. Tha pris an fhlùir a reir. Cha 'n eil teagamh nach b'e 'n cogadh a dh' aobharaich sin. Bha dùil aig na ceannaichean gu 'm biodh Ruisia is Iapan ag iarraidh moran bidh a cheannach air choinneamh a chogaidh. Gu ruige so cha do cheannaich dùthaich seach dùthaich moran cruithneachd. Tha Ruisia a' togail a' ghràin sin gu pailt an taobh a stigh de 'criochan fein; agus cha 'n e cruithneachd a's biadh do mhuinntir Iapan, ach <eng>rice.<gai> An ceann ràidh eile, tha daoine an dòchas gu'm bi an cruithneachd, am flùr 's an t-aran cho saor 's a bha iad an uiridh.

[Vol. 12. No. 22. p. 6]

Robinson Crusoe.

CAIBIDEAL XIX.

NOBHEMBER 1—Chuir mi suas mo thent aig bonn creige, agus chaidil mi ann an oidhch' ud. Rinn mi e cho mor 's a b' urrainn domh, agus chuir mi puist anns an talamh gus a' hamac a chrochadh orra.

Nobh. 2—Chuir mi na cisteachan agus na buird, agus na maidean eile a bh' agam anns an rath mor—thimchioll air an tent gus mi-fhin a dhion o chunnart, agus bha 'challaid so beagan an taobh a staigh dhe na criochan a chomharraich mi gus aite-daingnichte a dheanamh dhomh fhin.

Nobh. 3—Chaidh mi 'mach anns a' mhadainn le mo ghunna agus mharbh mi da eun coltach ri tunnagan, agus bha iad gle mhath ri 'n itheadh. Air an fheasgar thoisich mi deanamh bord-beidh dhomh fhin.

Nobh. 4—Anns a' mhadainn so thoisich mi suidheachadh mar a roinninn an uine a thaobh a bhith 'falbh leis a' ghunna, a thaobh na h-uine a chuirinn seachad 'nam leabaidh, agus a thaobh na h-uine a chuirinn seachad 'nam thamh agus 'g am thoileachadh fhin. B' ann mar so a shuidhich mi gu 'n deanainn: Bha mi ri dhol am mach trath 's a mhadainn le mo ghunna fad a dha no tri de dh' uairean an uaireadair, nam biodh an turadh ann; bha mi 'na dheigh sin gu bhith 'g obair gu aon-uair-deug; bha mi an sin gus mo bhiadh a ghabhail; agus o dha-uair-dheug gu da uair feasgar bha mi gus mi-fhin a leigeadh 'nam shineadh anns an leabaidh agus greis chadail a dheanamh; oir b' e so am teas an latha, agus cha b' urrainn domh obair a dheanamh. Agus 'na dheigh sin bha mi gu bhith 'g obair gus an tigeadh am feasgar anamoch. B' e an obair a bh' agam an latha so agus air an ath latha a bhith 'deanamh bord-beidh dhomh fhin. Cha robh mi suas ri obair dhe 'n t-seorsa aig an am, ach ri uine thainig mi gu bhith 'nam dheadh fhear-ceirde, mar, tha mi 'creidsinn, a dh' fhaodadh fear sam bith a bhith a leagadh inntinn air obair a dheanamh.

Nobh. 5—Chaidh mi 'mach air a' mhadainn so le m' ghunna 's le m' chu, agus mharbh mi cat-fiadhaich. Bha craicionn briadh' air, ach cha robh feum sam bith 'na fheoil. A h-uile creutair a bha mi marbhadh bha mi toirt dheth a' chraicinn agus 'g a dheasachadh gus a ghleidheadh. Thainig mi air ais rathad a' chladaich, agus chunnaic mi iomadh seorsa de dh' eoin-mhara, ach cha robh fhios agam ciod na h-ainmeannan a bh' orra. Ach bha ioghnadh orm, agus cha mhor nach robh eagal orm, an uair a chunnaic mi a dha no tri de roin. An uair a bha mi 'beachdachadh orra agus gun fhios agam gu ro mhath ciod na creutairean a bh' annta, chuiriad car dhiubh am mach air a' mhuir, agus theich iad orm air an turus ud.

Nobh. 6—An deigh dhomh a bhith air falbh le mo ghunna anns a' mhadainn, thoisich mi ri obair air a' bhord, agus ged a chuir mi crioch air cha robh mi toilichte leis; ach ann an uine gun bhith

fada dh' ionnsaich mi a dheanamh na b' fhearr.

Nobh. 7–A nis thoisich an t-side ri fas gu math. Chuir mi seachad an seachdamh, an t-ochdamh, an naoghamh, an deicheamh, agus dara latha deug (oir b' e an t-aonamh latha deug Di-domhnaich); gu buileach a' deanamh na cathrach. Agus an deigh moran saoitreach thug mi gu rudeiginn de chumadh e, ged nach robh mi riarichte leis. Agus an uair a bha mi 'g a deanamh thug mi as a cheile e caochladh uairean.

Faodaidh mi ainmeachadh an so nach robh mi fada gun dearmad a dheanamh air Di-domhnaich a chumail air cuimhne; oir, air dhomh dearmad a dheanamh air an latha chomharrachadh mar bu choir dhomh air a' mhaide a chuir mi 'na sheasamh air son an aobhair, cha robh fhios agam co e Di-domhnaich seach lath' aile dhe 'n t-seachdain.

Nobh. 13–Bha 'n t-uisge mor ann fad an latha so. Thug so urachadh mor dhomh, agus thug e fionnarachadh do 'n talamh. Ach bha tairneinnich is dealanaich uamhasach ann, agus chuir iad eagal mor orm. Bha eagal orm gu 'n rachadh mo chuid fudair gu leir 'na theine. An uair a sguir na dealanaich 's na tairneinich ann chuir mi romham gu 'n cuirinn mo chuid fudair gu leir ann am bocsan beaga, a chum nach biodh e ann an cunnart.

Nobh. 14, 15, 16–Fad nan tri latha so bha mi 'deanamh bhocasan beaga a ghabhadh mu phunnd no da phunnd fudair. An uair a chuir mi am fudar anns na bocasan so, chuir mi iad ann an aite cho sabhailte 's a b' urrainn domh, agus air eagal gu 'n eireadh beud dhaibh cha do chuir mi faisge air a cheile iad idir. Air aon de na laithean so mharbh mi eun mor a bha gle mhath ri 'itheadh, ach cha robh fhios agam ciod an seorsa 'bh' ann.

Nobh. 17–Air an latha so thoisich ri cladhach anns a' chreig air cul an tent, gus aite freagarrach a dheanamh gus gach ni nach robh fo dhion ceart agam a chur ann.

Faodaidh mi ainmeachddh gu 'n robh tri rudan ann a bha dhith orm, agus a bhiodh anabarrach feumail dhomh nan robh iad agam, agus b' e sin piocaid, agus sluasaid, agus barra-roth, no bascaid. Mar so sguir dhe 'n obair, agus thoisich mi ri smaointean cia mar a rachadh agam air na rudan ud a dheanamh.

An aite piocaid bha mi 'g obair leis a' gheimhleig, agus ged a bha i car trom ri h-obrachadh, bha mi 'deanamh feum math leatha. Ach b' e an ath rud a bha dhith orm sluasaid no spaid. Cha robh e comasach dhomh a bheag a dh' obair a dheanamh as an aonais, ach cha robh fhios agam cia mar a dheanainn aon seach aon dhiubh.

Nobh. 18–Air an ath latha an uair a bha mi air feadh na coille thachair craobh orm ris an canadh iad ann am Brasil, a' chraobh iarunn, a chionn gur e fiodh anabarrach cruaidh a bh' innte. Le mor-shaothair chaidh agam air sgonn a ghearradh as a' chraoibh so, agus cha mhor nach do mhill mi an tuadh mu 'n do ghearr mi i. Agus bha 'n sgonn so cho trom 's gur ann a' cheart air eiginn a thug mi dhachaidh e.

Leis cho fìor chruaidh 's a bha 'm fìodh, agus le cion innealan freagarrach, thug mi uine mhor air deanamh na sluasaid. Ach chaidh agam mu dheireadh air a deanamh, eadar chois is cheann, coltach ris na sluasaidean ann an Sasunn. Ach o nach tobh iarunn air an fhaobhar aice, cha do mhair i gle fhada. Air a shon sin bha i gle fheumail dhomh air son na h-obrach a bh' agam ri dheanamh leatha. Ach tha mi 'creidsinn nach fhacas a leithid de shluasaid riamh, agus nach mo a thugadh uine cho fad air te dhiubh a dheanamh. An deigh an t-sluasaid a dheanamh, bha mi ann am feum bascaid no bara-roth, gus an uir 's na clachan a bha mi 'cladhach fo 'n chreig a thoirt air falbh. Cha b' urrainn domh bascaid a dheanamh air chor sam bith, o nach robh slatagan agam a ghabhadh lubadh; co dhiubh cha robh fhios agam aig an am gu 'n robh iad ri 'm faotainn.

Agus a thaobh a' bhara-roth bha mi 'smaointean gu 'n rachadh agam air a dheanamh gu leir ach an roth. Cha b' urrainn domh a smaointean cia mar a thoisichinn ri deanamh roth. A bharrachd air so, cha robh rathad agam air suilean iarunn anns an ruitheadh cinn an aiseil a bha agam ri chur anns an roth, agus air an aobhar sin sguir mi de dheanamh a' bhara-roth. Ach gus an uir a bha mi 'cladhach as an uamhaidh a thoirt air falbh, rinn mi rud ris an canar amar-aoil, mar a bhios aig luchd oibre a' tarruinn aoil gu clachairean.

Cha robh e cho doirbh dhomh an t-amar-aoil a dheanamh 's a tha 'n t-sluasaid. Ach chaidh mi ceithir latha eadar a bhith 'g a dheanamh agus deanamh na sluasaid, agus an oidhirp a thug mi air bara-roth a dheanamh, tha mi 'ciallachadh a' chuid sin dhe na laithean a bha mi 'cur air leith air son obrach. Bha mi 'n comhnuidh a' falbh sgriob le mo ghunna a h-uile madainn, agus b' ainneamh leam tilleadh dhachaidh gun rudeigin agam a dh' ithinn.

Nobh. 23—Fhad 's a bha mi 'deanamh nan innealan a dh' ainmich mi bha 'n obair eile a bh' agam 'na tamh, ach cho luath 's a bha iad deiseil, thoisich mi ri obair a h-uile latha cho math 's a leigeadh mo neart agus an uine leam. Chosg mi ochd latha deug a' deanamh na h-uamha domhain agus farsuinn a chum gu 'm biodh farsuinneachd gu leor, agus gus a h-uile rud a bhuineadh dhomh a ghleidheadh.

Fad na h-uine so gu leir rinn mi an uamha cho farsuinn 's gu 'n robh seomar-gleidhidh, agus citsin, agus seomar-beidh, agus seilleir agam innte. Mar bu trice bha mi 'fuireach anns an tent. Ach an uair a bhiodh am fliuch na bliadhn' ann, bhiodh an t-uisge cho trom 's nach b' urrainn domh mi-fhin a chumail tioram. Thug so orm 'na dheigh sid cabair fhada a chur as mo chionn, agus an tubhadh gu math le feur fada agus duilleach nan craobh.

Dec. 10—Bha mi nis a' smaointean gu 'n robh an uamha deiseil. Ach tha e coltach gu 'n d' rinn mi ro mhor i, oir thuit moran dhe 'n talamh as a' mhullach aice, agus o 'n dara taobh dhi. Agus, rud nach robh 'na ioghnadh, chuir so eagal mor orm; oir nan do thachair do 'n uir so tuiteam air mo mhuin, bhithinn air mo thiodhlacadh beo.

An deigh do 'n tubaist so tachairt, bha obair mhor agam an uir 's na

clachan a thoirt am mach as an uamhaidh, agus b' fheudar dhomh puist a chur fo mhullach na h-uamha gus a cumail gun tuiteam buileach mu m' cheann.

Dec. 11—Thoisich mi ri obair gus an uamha dheanamh tearuinte. Ghearr mi puist fhreagarraeh anns a' choille. Chuir mi da shreith dhiubh 'nan seasamh dìreach, agus buird tarsuinn eadar an cinn agus mullach na h-uamha. Chriochnaich mi so air an ath latha. Agus chuir mi tuilleadh phostachan suas air an doigh cheudna, agus an ceann seachdain bha 'n uamha tearuinte gu leor agam. Agus o 'n a bha na puist 'nan sreithean dìreach, bha comas agam air talla a dheanamh eadar a h-uile seomar.

Dec. 17—O'n latha so gus am ficheadamh latha, bha mi 'cur sgeilpeannan anns na seomraichean, agus bha mi 'cur thairnean anns na puist gus rudan a chrochadh orra; agus a nis bha m' aite-comhnuidh ann an rud-eiginn de dh' ordugh.

Dec. 10—Thug mi nis a h-uile rud do 'n uamhaidh, agus thoisich mi ri innsreadh a chur innte. Rinn mi seorsa de dhreser gus mo bhiadh a chur air. Rinn mi bord-beidh eile; ach bha am fiodh freagarrach air a shon air fas gann.

Dec. 24—Bha 'n t-uisge mor ann fad an latha 's na h-oidhche, agus cha deachaidh mi mach air dorus.

Dec. 25—Bha 'n t-uisge 'sileadh fad an latha.

Dec 26—Bha 'n turadh ann, agus bha 'n talamh na b' fhionnaire na bha e roimhe, agus moran na bu taitniche.

(Ri leantuinn).

[TD 175]

[Vol. 12. No. 22. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH NAR TAIGH-CEANNACHD AIR Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

“Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead.”

MACEACHUINN & MACCABE,

FIR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
A. J. G. MACEACHUINN. IAIN J. MACCABE

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>

FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &c., &c.

<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,

FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &c.

Airgead ri thoirt seachad an iasad.

UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>

An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.

Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>

BATHAR CRUAIDH.

Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,

DOTAIR FHIACAL.

OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. R. BOWN,<gai>

URRASACHADH TEINE AGUS LEACAN GLAINE.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>

URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.

An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>

URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE

anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>

CORPAICHTE 1869.

ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00

EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00

AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.

<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.

<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.

<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal,<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air adhart, agus tha

BANCA-CAOMHNAIDH

anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3½% 'sa bhliadhna.

Tha Mo Run air a' Ghille.

Tha mo rùn air a' ghille,
'S e mo dhùrachd ga 'n tig thu;
'S mi gu 'n siùbhladh leat am fireach
Fo shìle nam fuar-bheann.

Oidhche shamhraidh dhomh 's mi 'm ònar,
Nam b'urrainn domh gu'n deanainn òran,
'S truagh, a rìgh, nach robh mi pòsd'
Air òigear a' chùil dualaich!

O, gur e mo cheist an t-òigear,
Fear chùil duinn 's an leadain bhòidhich;
'S mi gu 'n siùbhladh leat thar m' eòlais,
Ged tha 'n còta ruadh ort.

'S mor a thug mi 'ghaol do 'n fhiùran,
Tha mach a teaghlach Chill-Iùnduinn;
Sealgair fhiadh thu 'm beinn a' bhùiridh,
'S eilid lùth nan luath-chas.

Ged tha blàth na bric' ad' aodann,
Cha do lughdaich sud mo ghaol ort;
'S mi gu 'n siubhladh leat an saoghal,
Na'n saoilinn do bhuannachd.

Phosainn thu dh' aindeoin mo chàirdean,
Gun toil m' athar, no mo mhàthar;
Iain saor a tha mi 'g àireamh,
Bho'n 's e chnàmh a' ghruag dhìom.

Tha 'n Nollaig a' tigh'n as ùr oirnn,
Ged a tha, gur beag mo shùrd rith';
'M fear nach fagadh anns a' chùil mi,
Air chul nan tonn uaine!

'S beag a shaoilinn féin an uiridh

Gu 'n tréigeadh tu mi cho buileach;
Mar gu 'n tilgeadh craobh a duilleach,
Dh' fhàs thu uman suarach.

Cumha

Do Mhaggie Ghunn a dh' eug am <eng>Broad Cove,<gai> agus mar gu'm
b'e 'piuthar a dheanadh e.

LE TEARLACH MAC FHIONGHAIN.

AIR FONN—"Cumha Chloinn Ghriogair."

Cha dean mi gàir' éibhinn,
An àm éirigh no laidhe.

Tha mo shùil fo na deuraibh,
O'n a thréig thu mi, 'Mhaggie.

Tha mi 'n comhnuidh ga d' ionndrain,
'S cha 'n 'eil sùgradh air m' aire.

Tha mo chridhe ro bhrònach,
'S tha mi 'm ònar a cadal.

Cha bhith d' àit' air a lionadh,
'S cha dean tìm do thoirt dhachaidh.

Tha thu 'ghaol ann ad shìneadh,
An anairt lìn air do phasgadh.

Thug an t-earrach thu bhuainn,
'S cha toir earrach nuadh thu air t' ais dhuinn.

'S e chuir uisg' air mo chluasaig,
Gur ann 'san uaigh tha thu 'n tasgaidh.

Bha thu sonruicht' measg sluagh,
Is bha thu uasal an cleachdadh.

Bu leat urram na tire
Ann ad linn 's ann ad latha;

Is cha'n fhacas riamh gruaim ort,
Ged bhiodh i tuath air na beannan.

Bha e soilleir o d' ghluasad
Nach bu bhuan thu air thalamh:

Nach robh thu ann ach air chuairt,
'S gur ann shuas bha do dhachaidh.

O, a Bhàis, na dean uaille,

Ged thug thu bhuamsa na bh' agam.

O, a Bhàis, lean do bhuaidh,
Is o'n a fhuair thu i gabh i.

Ach thig an latha 's cha 'n iognadh
'S an caill thu t' iochdarain fhathast;

Is cha 'n fhaic thu gu siorruidh
Do rian mar a bh' agad.

An nochd cha dean mi gàir' éibhinn,
An àm éirigh no laidhe.

Dh'fhalbh Mo Leannan Fein.

LE NIGHEAN FHIR IONAIR-SGATHADAIL.

SEISD-

Dh' fhalbh mo leannan féin,
Dh' fhalbh mo chéile lurach;
Misneach mhath na dhéigh,
Dhomhsa b' éiginn fuireach.

Chunnaic mis' thu 'n dé
'Tearnadh leis a' bhruthach;
Bha mo shùil a'd' dhéigh,
Ged a b' fheudar fuireach.

M' eudail am fear donn
'Thogadh fonn le furan,
Deas a falbh nan stùc,
'Chuireadh smùid a gunna.

'S e mo cheist an t-òigear,
Fear a' chòta bhreacain;
'S truagh nach robh sinn còmhla,
'S againn còir air fearann.

Dh' fhalbh mi leat an dé
Ceum a sios am Muillionn,
Thug mi dhut mo phòg,
'S shil mo dheòir le mulad.

'S mise 'th' air mo leonadh,
O'n a sheol thu thairis;
'Nuair a gheibh thu thall
Sgriobh a nall do bheannachd.

Na 'n tigeadh tu, a rùin,
Chum do dhùthaich a rithist,
Rachainn leat a nùll,
Ged bhiodh triùir ga m' thilleadh.

O'n a rinn thu seoladh
Air long mhor nan crannaibh,
Tha mo chridhe bronach,
'S cha 'n 'eil ceol air m' aire.

'S mise tha gu cràiteach,
O'n la dh' fhàg thu 'm baile,
'S mi mar uan gun mhàthair,
Ged is nàir' dhomh aithris.

'S mise tha gu tùrsach,
'S tric mo shùil a sileadh,
O nach faic mi thu
'S a' bhliadhn' ùr a' tighinn.

Oran a' Bhaitsealeir.

Tionndaidh nis a nall is éisd,
Tionndaidh, tionndaidh, 's gabh gu feum,
'S na dean-sa mar a rinn mi fhéin;
Thoir té a measg nan caileagan.

Tha mise 'n so an diugh leam fhéin,
Gun agam ni a ni dhomh feum,
Gun mhart, gun each, gun bheathach spréidh,
Gun chearc, gun gheadh, gun tunnagan.

'S 'nuair a bha mi am ghill' òg,
Bha caoraich agam 's crodh gu leor;
Co theireadh rium an sin ri m' bheo
Gu 'm faicinn la cho muladach.

Mo mhallachd aig an fhear gu bràth,
Nach tagh a bhean 'nuair bhios e tràth,
Gun fheitheamh gus an tig an là,
No bithidh e bàit' le cunnartan.

'S beag a shaoil mi 'n laithean m' oig'
Gu 'm bithinn-sa gun neart, gun treoir,
Gun bhean, gun mhac, gun neach am choir
A bheireadh dhomhsa comhfhurtachd.

Chaill mi 'n stòras, chaill mi 'n treud,
Cha d' fhuair mi 'n te bha mi na déigh,
'S an te a gheibhinn 's thug dhomh spéis
Thug mi le eucoir car aisde.

Is dh' innis mise nis mar bha,
'S O, gabhaidh rabhadh uamsa tràth,
'S ma's toigh leat té thoir dhi do làmh,
'S gu bràth na bi ad bhaitsealeir!

Tha sinn an comain Dhonnchaidh Dhomhnullaich ann am Montreal air son an orain so. Le cion rùm cha 'n urrainn duinn na h-orain eile a chur 'sa MHAC-TALLA gus an ath àireamh. Tha an t-oran "Sìne Chalum Bhàin," le Niall Mac Leoid, ri fhaotainn an "Clàrsach an Doire."

Iadsan a Phaidh.

Raonaid B Nic Amhlaidh, Sidni
Raibeart Barclay, Sidni
Domhnull Domhnullach, <eng>Glac Bay<gai>
Mrs Floiri Nic Gillinnein, <eng>Gillander's Mtn.<gai>
Ruairidh Mac Philip, Loch Lomond
Ciorstaidh A Gillios, Dunbheagain
R A Domhnullach, <eng>Long Island Main<gai>
Cailean Caimbeul, an Amhainn Mheadhonach
D I Mac Neill, <eng>Johnstown<gai>
Raoghall A Gillios, <eng>Broad Cove Chapel<gai>
Seumas I Mac Gilleathain, <eng>Glen Morrison<gai>
Domhnull I Domhnullach, <eng>Gabarus Lake<gai>
An t-Urr Iain MacFhionghain, <eng>Albert Bridge<gai>
Calum I Cuimein, <eng>Orangedale<gai>
Iain F Siosal, Siudaig
Seonaid C Caimbeul, <eng>S. W. Port Hood<gai>
Seumas Domhnullach, <eng>Ch'town, P.E.I.<gai>
Am Breitheamh Domhnullach, <eng>Ch'town, P.E.I.<gai>
Iain Mac Suain, <eng>Ch'town, P.E.I.<gai>
Aeneas Domhnullach, <eng>Ch'town, P.E.I.<gai>
Eoghan Stiubhart, <eng>Ch'town, P.E.I.<gai>
Iain A Blue, <eng>Little Sands, P.E.I.<gai>
An t-Urr A M Sinclair, <eng>Belfast, P.E.I.<gai>
Iain Mac Calamain, <eng>Point Prim, P.E.I.<gai>
Alasdair W Mathanach, Gleann Uilleam
Donnachadh Domhnullach, <eng>Montreal, Que.<gai>
Tormad Moireasdan, <eng>Peveril, Que.<gai>
An t-Easbuig Domhnullach, <eng>Alexandria, Ont.<gai>
Iain D Mac Gillemhaoil, Dunbheagain, Ont.
Martainn Mac-a-Phearsain, <eng>Mendocino, Cal.<gai>
I S Ros, Cleona, Cal.
Seonaid Nic Gillinein, <eng>Taunton, Mass.<gai>
E N Domhnullach, <eng>Roxbury, Mass.<gai>
Mor Dhomhnullach, <eng>Boston, Mass.<gai>
Domhnull Moraidh, <eng>Northcote, Minn<gai>
Domhnull Calder, <eng>Butte, Mont<gai>
A M Dùghallach, <eng>Portsmouth, N. H.<gai>
Tearlach M Sinclair, <eng>Providence, R. I.<gai>
Amhlaidh Mac Gilleathain, Glasacho, Alba
Iain N Mac Leoid, Steornabhagh, Alba
An t-Urr M Mac Gillinein, Dunéidionn

Posadh.

Aig Amhainn nam Bradan, air an 12mh là de'n Ghiblin, leis an Urr. C.

Caimbeul, Domhnull Mac Fhionghain a mhuinntir an aite sin agus Mairi Anna Mhoireasdan a Port Morien. Na h-uile soirbheachadh leis a chàraid og.

Ceannaich ri gréin is creic ri coinneil.

Cha b'e am fear a reiceadh a' chearc ris an là fhliuch.

Cha b' e 'n t-uisge nach ruitheadh ach am muileann nach bleitheadh.

Cha bhi cuimhne air an aran ach fhad 'sa mhaireas e 's an sgòrnan.

Cha bhi meas air an tobar gus an traogh e.

Cha bhi meas air an t-slàinte gus an tig an euslaint'.

Chu bhi piseach air suirighe na Sàbaid.

Cha b' iongantach leinn ach lionn air banais a' chait.

Cha chuir bean-tighe ghlic na h-uighean uile fo aon chirc.

Cha chuirinn mo bheul anns an lite nach olainn.

Cha ghabhadh sin iongantas-an uaisle gun chasan.

Cha 'n 'eil lochd sam bith an cridhe a bhios a gabhail orain.

[TD 176]

[Vol. 12. No. 22. p. 8]

Amhairc an So!

'san ath aireamh airson

SANAS UR

bho

<eng>The Canadian Bank of Commerce

Sydney, C. B.

P. C. STEVENSON, MANAGER.<gai>

Thill, gu'n do Thill thu, Bhlackie

LE MAIRI NIC-EALAIR.

FONN—"Theid i 's gu'n teid i leam."

'S coma có a thig no théid leinn,

Bho 'n a thill thu féin, a Bhlackie.

Thill, gu'n do thill thu ruinn,

Thill, gn'n do thill thu dhachaidh;

Thill, gu'n do thill thu ruinn.

Caraid' 's fear-tagraidh nan Gàidheal,
Mo chuis-mhànrain thu bhi fallain.

'S ged a bha thu anns an Eiphit
Gu'm b'e d' éibhneas 'bhi 's na gleannaibh.

B' annsa leat 'bhi 'n Allt-na-Craige*
Na 's an Eadailte 'bhi d' bharan.

B' annsa leat am fàile caoin
A thig o'n roid, o'n fhraoch, 's o'n chanach,

No ged bhiodh tu 'n gàradh cùbhraidh
Spiosraidh 's tùis an dùthaich d' aineoil.

'S binn an ceol leat fuaim na tuinne
A bhuaileas ri Muile a' bharrach;

'S gaoithean samhraidh 'tighinn le cronan
Bho ghlinn ard na mor-bheinn bheannaich.

Mile beannachd! fhir mo ghaoil thu!
'S mi tha aobhach thu bhi dhachaidh.

'S binn an naigheachd leis na Gaidheil
Thu 'thighinn sàbhailt' as gach carraid.

Togar bratach, séidear pioban,
Lionar piosan a bhios barrach.

'S coma có a thig no théid leinn,
Bho 'n a thill thu féin, a Bhlackie.

* Far an robh tigh samhraidh aig Professor Blackie dluth do 'n Oban.

Iain Stiubhart Blackie.

LE NIALI MAC LEOID.

An d' fhàg thu sinn, a laoich nam buadh?
Cha chluinn sinn tuilleadh fuaim do bheòil,
Cha'n fhaic sinn tuilleadh t'aghaidh shuairc,
Mar ghrian gun ghruain am measg an t-slòigh!

Ghearradh a' chraobh bu torach blàth,
'S a dh' àraich iomadh meanglan òg,
Bu taitneach leam a bhi fo 'sgàil,
'S mo chàil a' faotainn brìgh a lòn.

A Ghàidhlig aosd' as binne guth,
Cuir ort an diugh do chulaidh bhròin;

'S t' fhear-tagraidh treun bu mhaiseach cruth,
Gun cheòl gun chruit gu balbh fo'n fhòid!

Sheas e gu duineil thu mar sgiath,
Le chainnt 's le ghnìomh a' dìon do chliù,
'S do Chathair shuidhich e gu fial,
Nach leig do ghlòir an cian-s' air chùl.

A ghlinn 's a bheanntan tìr mo ghràidh,
Tha 'n ceò air tàmh umaibh fo sprochd;
Cha 'n fhaic sibh tuilleadh sùil a' bhàird
A' dearrsadh oirbh bho àird' nan cnoc!

Cha chluinn sibh tuilleadh fuinn a chiùil,
A' seinn gu sunndach feadh nan glac;
Bu tric e cuartachadh bhur stùc,
'S ag àrdachadh bhur cliù le tlachd.

A chlann mo dhùthcha is mo shluaigh,
Tha latha gruamach oirnn air teachd,
Tha 'n gaisgeach treun fo ghlais na h-uaigh,
A sheasadh leinn ri uair a' ghleachd!

Sàr Albannach gun cheilg gun fhoill,
Bu mhùirneach e mu 'cloinn 's mu 'cliù,
'S bidh cuimhn' is ainm an laoich le loinn,
Mar dhaoimean lainnireach 'n a crùn.

Gach buaidh tha uasal, maiseach, àrd,
Le eòlas laidir agus glìc;
Bha sin le irisleachd is gràdh,
Mar theaghlach blàth a' tàmh fo chrìos.

Gach sòlas do t' anam, a thriath,
Ruith thu gu sgiamhach, glan do réis,
Bu chliùiteach, taitneach, riamh do thriall,
'S tha sinne cianail as do dhéigh!

Litir o'n "Chiaran Mabach"

Chunnaic mi ann an té de litrichean Peigidh Phabach iomradh air a dheanamh air Donnachadh Mac Cuithein, ris an cainte mar bu trice Donnachadh Ruadh. Tha cuimhne mhath agam air Donnachadh còir-duine treun, socair. Is iomadh duan is òran a rinn e. Tha cuimhne agam air beagan rannan de dh' aon aca. Anns an àm so 'nuair a bhiodh na tuathanaich a réiteach an fhearainn bhiodh iad a deanamh càrnain de na clachan. Bha aon diu so gu math mor, air clìreadh Dhonnachaidh. Chaidh sgeul mu'n cuairt, an uair a bhiodh a ghealach na h-àirde gu'm biteadh 'faicinn cailleadh aig a chàrnan. Bha mar an ceudna caraid aig Donnachadh air an robh e glé mheasail, ris an canadh iad Iain mac Colla. Tharruing e esan a steach 'san òran. Bheir mi dhuibh na bheil agam dheth an dòchas gu'n toir cuideiginn an còrr deth dhuibh. Bha rathad aithghearr do'n bhaile-mhor dlùth air taigh

Dhonnachaidh 'bu tric le daoine a bhith gabhail agus so far am faca e an cunnart do'n chloinn a bhiodh a tighinn bho 'n bhaile:-

An cuala sibh mu chailleach a' chàrnain,
'S nach faicear air fàire i gu àirde na gealaich.

LUIINNEAG.

'S cunnartach do'n chloinn 'bhios a tighinn o'n bhaile,
Ma theid i na'n caoimhneas cha bhi iad fallain.

An uair a thig na faoillich 's am fuachd as na craobhan,
Bidh i 'n tigh an t-saoir, oir tha e daonnan falamh.

Iain mac Colla 'n còmhnuidh bidh e 'deanamh òran,
'S leibideach an dòigh dha 'bhi deanamh spòrs air caillich.

Agus mar gu'm freagradh Iain mac Colla :-

Donnachadh le ròlaist bidh e 'deanamh òran,
'S nuair a thig Mac Leòid gu 'm faigh e stòl gun ghainne.

Dhonnachaidh na biodh ortsa gruaman cha bhi suidhe suas ort,
O'n rinn a chailleach thruagh ud sinn fhuadach o'n rathad.

Nam b' aithne dhomhsa Gàilig a sgrìobhadh cho math ri cuid cha
bhiodh MAC-TALLA gun litir bhuam uair is uair; oir nuair a gheibh mi
e, 'se cheud sùil a bheir mi fiach am bheil litir ann o chuideiginn,
's ma tha 'se 'cheud earrann a leughas mi dheth.

AN CIARAN MABACH.

Baile an Iaruinn, April 19, '04.

ANNS AN STOR UR

LE STOC MOR DE DH

Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula

ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE

air Sraid Shearlot.

<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

Tha sinn

A CREIC A MACH AR STOC IOMLAN

de dh'

Airneis 's de Bhrait-Urlair

air na chosd iad.

<eng>Gordon & Keith,

A. T. Grant, Manager<gai>

350 Sraid Shearlot, Sidni, C. B.

<eng>Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

[Dealbh]

A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prisean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.
M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.
<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a' sùire.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A.

Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaire Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

Mac-Talla.
Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.
Bliadhna, \$1.00
Tri Miosan, .30
Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchda gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26, no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 177]

[Vol. 12. No. 23. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, MAIGH 13, 1904. No. 23.

Tha tuathanaich Mhanitoba 's an Iar-Thuath an teis-meadhon na curachd. Mar a thachair an taobh so fhein, bha 'n t-earrach na b' anmoiche na b' àbhaist, ach tha iad a dh' aindeoin sin ag amharc air-son deagh bhuaib. Tha an grunn ann an deagh shuidheachadh, an ùir cho tais 's nach cuir i feum air uisge gu ceann dha no tri sheachduinean.

Thainig 11,824 de luchd-imrich do Chanada air a mhios a dh' fhalbh:- 6,698 á Sasunn, 2,280 á Alba, 485 á Eirinn, agus 2,260 á duthchannan céin. Is math a bhi faicinn gur Breatunnaich an àireamh a's mò de'n luchd-imrich a tha tighinn do'n duthaich, agus gu bheil i faighinn cuibhrionn nach beag eadhon de shalann na talmhainn-sliochd na h-Alba.

Anns na ceithir bliadhna bho thoiseach Aprail 1900 gu toiseach Aprail 1904, bha tri cheud gu leth bàs le sgiorrachd ann an siorrachd Cheap Breatunn. Bha tri fichead dhiu sin 'sa bhliadhna 1902, agus leth-cheud 's a dha an uiridh. Bha a mhor chuid de na bàis sin mu thogail na h-obair-iaruinn agus anns na mèinnean guail. Bha moran dhiu gun teagamh a dh' fhaodte sheachnadh le bhi cleachdadh barrachd faicill.

Tha'n Seanair Wark, an "ceud-bhliadhnach," ann an Ottawa a gabhail pàirt an cùisean-riaghlaidh na dùthcha mar tha càch. Air an t-seachduin roimh 'n té s'a chaidh thug na Seanairean mar ghibht dha a dhealbh fein, air a tarruinn gu h-eireachdail le dealbhadair ainmeil, agus chuir ceannardan na da phàirtidh 'san da thigh fàilte air os leth luchd na pàrlamaid gu h-iomlan. Anns an òraid a rinn am Priomhair, Sir Wilfrid Laurier, thug e iomradh air a ghealladh a tha'n co-cheangal ris an àithne, "Thoir urram do t'athair agus do d' mhàthair," ag radh gu robh iad ri thuigsinn o bhuainead làithean Mhr. Wark gu robh e na bhalachan math an àm na h-òige, agus air mhòdh sònruichte dleasanach ri phàrantan.

Riamh o'n chaidh Dawson a shuidheachadh, tha na paipeirean-naidheachd a' toirt iomraidh air cho rianail 's cho òrdail 's a bha'm baile sin air a chumail an coimeas ri bailtean dhe'n t-seòrsa cheudna a tha ri'm faotainn an dùthchannan eile. 'Se bu phriomh aobhar dha sin gun teagamh gu robh e fo'n bhrataich Bhreatunnaich, suaicheantas a tha anns gach àite 'm faicear e a' ciallachadh ùmhlachd do lagh cuide ri saorsa 's ceartas. Ach chithear ann an litir an Ard-bhàillidh Dhomhnullaich, a gheibhear air taobh eile

de'n MHAC-TALLA so, gu robh aobhar eile ann air Dawson a bhi faighinn cliù cho mor. 'Se 'n t-aobhar sin gu robh sluagh a' bhaile gu ruige so cho glic 's gu'n do thagh iad Gaidheil mar àrd-bhàillidhean. Ged a chitheadh iad iomchuidh an deigh so daoine de shloinneadh eile a chur na'n àite, bu dàna leinne radh gu'n imicheadh a chliu 's a dheagh bheus o'n bhaile, oir is tric le deagh oibre dhaoine mairsinn an deigh dhaibh fein siubhal; ach cha'n urrainn duinn a chleith gu bheil uaill oirnn mar Bhreatunnaich 's mar Ghàidheil gu bheil Dawson fo chliu cho mor. Agus tha sinn cinnteach nach teid an cliu sin an lughad ach am meud fhad 's a chumar air ceann a riaghlaidh Gàidheal a fhuair a bhreith is àrach air eilein Ceap Breatuinn, Gàidhealtachd Chanada.

Thug Iapan dha no tri de bhuillean troma do Ruisia ré an da sheachduin a dh' fhalbh. Air a cheud là de'n Mhàigh chuireadh blàr mor air tìr aig an Abhainn Yalu, anns an deachaidh còrr is tri cheud deug de na Ruiseinich a mharbhadh agus sia no seachd a cheudaa de na h-Iapanaich. 'S i 'n Abhainn Yalu a chrìoch eadar Corea agus Manchuria; bha 'm blàr air a chur air a bruaich a tuath. Air an treas là de'n mhios chaidh aig cabhlach Iapan, an deigh caochladh ionnsaidhean, air beul acarsaid Phort Arthur a dhunadh cho buileach 's nach faigh soitheach a mach no stigh. Air an t-siathamh latha chaidh buidhnean de h-arm Iapan a chur air tìr an ceithir no coig a dh' àiteachan faisg air Port Arthur. Ghabh iad seilbh air an rathad-iaruinn a tha ruith dh'ionnsuidh a bhaile sin, 'ga ghearradh air falbh o chuideachadh sam bith. Cuiridh iad a nis gun teagamh séisd ris. Thatar ag iomradh gu bheil na Ruiseinich cheana a smuideadh nan soithichean-cogaidh a th'aca 's an acarsaid sin as a cheile 's a' deanamh deiseil gus teicheadh as a bhaile gun dàil. Tha nise tri miosan o'n chaidh a' cheud bhuille bhualadh 'sa chogadh, agus gu ruige so tha bhuaidh gu h-iomlan aig Iapan. Tha e gach la a fàs na's soilleire nach d' rinn Ruisia ullachadh ceart air a shon-nach robh duil aice ri cogadh idir. Tha na h-Iapanaich an deigh cliu mor a chosnadh dhaibh fein, cha'n ann a mhàin mar luchd-cogaidh ach mar dhaoine iochdmhor, truacanta. De na priosanaich a bh'air an glacadh leò tha iad a' gabhail deagh churam, agus cha chualas gu ruige so a bhi cur an-ìochd no droch dhiol sam bith as an leth. Mur tig atharrachadh mor air cuisean an uine ghearr bidh guth laidir aig Iapan an deigh so ann an comhairle nan rioghachdan.

Mar a's eòlaiche tha daoine 'fàs air Rìgh Iomhar 's ann a's mò tha iad a' gabhail de mheas air. O'n thainig e dh' ionnsuidh a' chruin tha e air caochladh dhòighean a leigeil ris gu bheil gleusdachd is tuigse aige a tha deanamh feum mor do'n Iompaireachd. 'S ann dha thatar a' toirt an urraim air-son a chòrdaidh a rinneadh o chionn ghoirid eadar Breatunn is an Fhraing, agus tha daoine cheana 'g amharc ris air-son sìth a dheanamh eadar Ruisia is Iapan. Ach 's i bhuaidh bu mhò a thug e mach gu ruige so mar a choisinn e deagh-ghean mhuinntir na h-Eirinn. Ged tha'n duthaich sin o chionn cheudan bliadhna fo'n aon riaghladh ri Breatunn tha a sluagh gus an la an diugh ag amharc air Sasunn mar dhuthaich chéin 's ag altrum naimhdeis d'a luchd-riaghlaidh. Aireamh mhath bhliadhnachan air ais,

nuair nach robh Iomhar ach na phrionnsa, chaidh e ghabhail cuairt troimh Eirinn, agus ann an cearna no dha cha b' i 'n fhàilte b' fhearr a chuireadh air. Ann an Corc, thug an sluagh as a dheigh leis na clachan 's leis gach spitheig a thigeadh deiseil gu'n laimh, agus b' e 'n geard a bha ga 'chuartachadh a chum e o bhi air a dhochann na bu mhò na rinneadh air le uinnein a bhuaill 'san t-sroin e. O'n thainig e gu bhi na 'righ bha e 'san eilein uaine turus no dha, agus an àite naimhdeas a nochdadh dha, 's ann tha'n sluagh a leigeil fhaicinn nach eil dad na'm beachd dha ach càirdeas is comunn is gaol. Thatar a toirt a chliu sin gu h-iomlan dha fein. Na labhairt 's na ghluasad tha e cur an géill gu bheil làn earbsa aige na'n dìlseachd. Cha'n fhuiling e geard no luchd-faire bhi ga 'chuirteachadh nuair theid e d' an duthaich, 's theid e mach 's a steach am measg bhoich is bheairteach, islean is uaislean, gun sgàth, gun eagal. Tha cridheachan blàtha na h-Eirinn air tàille sin air an cìsneachadh, agus cha 'n eil iad ag amharc air an diugh mar phrionnsa coimheach ach mar an righ dligheach fein. Faodaidh Iomhar cliu mor a chosnadh mar fhear deanamh na sìthe eadar dhuthchannan céin, ach na dhuthaich fein 's e 'n cliu as mò 's a's fhaide mhaireas dha gu'n do tharruinn e muinntir na h-Eirinn g'a ionnsaidh fein 's gu'n d' fhàg e iad na bu riarichte na bha iad riamh roimhe le'n crannchur mar iochdarain Bhreatunnach.

Paidh am Maighstir-sgoile.

<eng>(Blue Banner.)<gai>

Cha bhi a' chloinn ach dall mur a faigh iad sgoil. Tha cuimhne agam, nuair a bha mi mu dheich bliadhn' a dh'aois, gu faca mi ann an leabhar an tigh m' athar na briathran bochda so:-

"Bha na Gaidheil ro aineolach, dall,
Bha ionnsachadh gann nam measg."

Bheachdaich mi orra agus chuir iad fo mhor mhulad mi. Cha robh annam ach balach beag, ach bha beagan sgoile agam. Fhuair mi pàirt dhe sin an ceann tigh m' athar aig maighstir-sgoile cliùiteach, Tearlach Mac-Mhanainn, a tha nis na eildear ann an comhthional Shidni-a-Tuath, agus pàirt eile ann an tigh-sgoile làmh ruinn o dheagh mhaighstir-sgoile eile, Tormod Mac Ionmhuinn, nach maireann. Ach 's e bha cur truas orm daoine mora an Gàidhealtachd na h-Alba a bhi na'n daoine dalla le cion sgoile, agus mar sin air an cumail fodha le daoine eile nach robh idir cho math riutha fhein. Tharruing e deòir o mo shuilean.

Ach a nis, a chàirdean ionmhuinn, tha moran thaighean-sgoile duinte againn an

[TD 178]

[Vol. 12. No. 23. p. 2]

diugh an eilean Cheap Breatunn, agus saoilidh mi gu faic mi réiseamaidean de chloinn bheag na'n seasamh aig na dorsan duinte sin agus a' bualadh air son faighinn a stigh agus ag ràdh: "Leigibh a stigh sinn air eagal gum bi sinn aineolach, dall, 'us ionnsachadh gann 'n ar measg. Tha sinn fhathast beag, ach, a dhuine, tha sinn bòidheach, cridheil, dàimheil, ciallach, gealltanach 'us tuigseach; agus cha 'n fhada gus am bi sinn mor. Mur a faigh sinn sgoil bidh e gle dhoirbh dhuinn eirigh gu suidheachadh àrd sam bith, 'san eaglais no 'san duthaich. Gun sgoil tha e buailteach gu'm bi moran dhinn 'nar seirbhisich aig muinntir eile nach bi idir cho math ruinn fhìn. Nach fosgail sibh dhuinn an taigh-sgoile?"

Ach cha'n ann an nasgaidh a gheibhear maighstir-sgoile.. Ciod, mata, a ni sinn ris a chloinne? Tha maighstirean-sgoile ag iarraidh tuarasdal ni's motha na b' àbhaist dhaibh, agus tha sin ceart gu leòr. Tha daoine eile ag iarraidh tuarasdal ni's motha na b' àbhaist. Tha cuid a so a' gearradh guail, nach deachaidh gu dad a chosgais ag ionnsachadh an dreuchd, agus ni iad gu tric coig dollair ann an latha gun iad fhein a sharachadh gle mhor. Tha cosguis mhor air maighstirean-sgoile ag ionnsachadh an dreuchd, agus tha e iomchuidh gu'm biodh an deagh mhaighstir-sgoil air a dheagh phaidheadh.

Feuchadh gach neach againn, mata, gu dìleas ri tuarasdal freagarrach a dheanamh suas air son maighstirean-sgoile; agus ma ni sinn sin, agus gu faigh sinn cuideachadh mar is còir á pòcaidean ionmhais na siorrachd agus na mor-roinn, cha leig sinn a leas a bhi fada gun na dorsan dùinte ud fhosgladh.

D. DOMHNULLACH.
Strathlathuirne.

Naidheachdan.

Tha a bhreac ann an cóig taighean air Intervale Mhargaree. Bha an easlaint air faighinn gu math air adhart mu'n d' fhuair a mach gu'm b'i bhreac a bh' ann. Tha muinntir nan taighean sin a nis air an cumail air leth 's gach curam air a ghabhail dhiu an dòchas gu'm faighear cur as do'n easlaint gun i dh' fhaighinn na's fhaide.

Chaochail Sir Eanruic M. Stanley ann an Lunnuinn maduinn Di-mairt s'a chaidh, aig aois tri fichead is tri bliadhna. Thainig ainm air tns fa chomhair an t-saoghail nuair chaidh e do theis-meadhoin Africa a shireadh Dhaibhidh Mhic-an-Léigh. Rinneadh Ridire dheth 'sa bhliadhna 1899, Bha e na bhall de'n phàrlamaid Bhreatunnaich bho 1895 gu 1900. Sgriobh e grunn leabhraichean ainmeil mu dheidhinn Africa.

Tha aon duine brònach an diugh an <eng>Glace Bay<gai>. Chuala sinn uile mu'n t-soitheach-chogaidh "Maine" a bha air a cur na smuid ann an acarsaid Havana. Am measg nam beagan nithean a bh' air bòrd an t-soithich sin a chaidh a shàbhaladh bha beagan bhrioscaidean. Chaidh na brioscaidean cuide ris gach ni eile a cheannach le daoine bha deidheil air rudan annasach dhe gach seòrsa. Fhuair aon de

dh'ofaigich Cuideachd a Ghuail greim air te dhiu 's phàidh e air a son ceud 's tri fichead 's coig dolair dheug (\$175.00). An la roimhe thug e bhrioscaid luachmhor so leis do'n ofais air-son a sealltuinn do aon no dithis de chàirdean. Bha saoir aig an àm so ag obair 'san ofais, agus air do shealbhadair na brioscaide dhol a mach thainig fear de na saoir a stigh. Chunnaic e 'bhrioscaid, 's ma chunnaic cha b'fhada thug e ga 'cur thar a chìoch-shlugain, far nach gabhte 'n còrr ioghnaidh dhi. Tha fear na brioscaid a nis air tòir an t-saoir, ach ma tha e cho marbhteach 's a tha e cho maoidhteach tha sinn an dòchas nach beir e air. Cha'n ann a h-uile latha gheibh duine greim bidh a chosd uiread sud a dh'airgiod.

Chuir Deòrsa Marsh ann an Campbelton, N. B. geall ri fear eile gu'n òladh e sia gloineachan de dh' uisge-beatha an taobh stigh de chairteal na h-uarach. Chaidh aige air sin a dheanamh ach beagan an deigh dha an siathamh gloine chur sios thuit e marbh. Choisinn e an geall ach chaill e a bheatha.

Tha mèinn Dominion No.1 a nise tioram, agus air dòigh no dha ann an suidheachadh na's fhearr na bha i riamh. Tha ceithir miosan deuga air dhol seachad o'n chaidh i na teine 's a b' fheudar a lionadh le uisge air-son an teine chur as. Bhatar aon uair an duil gu 'm biodh a mhèinn air a cur o fheum gu buileach, ach cha robh an duil sin ceart. Air an t-samhradh so thatar ag radh gu'm bi e comasach eadar da mhile gu leth is tri mile tunna guail a chur a mach aisde gach latha.

Leis na tuiltean a bh'air an aobharachadh le leaghadh an t-sneachda air na beanntan, bha dam muillne air a bristeadh air an Abhainn Fhrangaich, St. Ann's, agus ceithir cheud loga air an giulan air falbh leis an t-sruth. Tha an call air a mheas aig ochd ceud gu leth dolair. Bhuineadh an dama do Thòmas Domhnullach. Thachair an ceart ni do dhama bh'air a h-ur thogail le Tormad Mathanach aig <eng>Breton Cove,<gai> a'cur call mor air fein 's air muinntir na duthcha mu'n cuairt.

Tha Maighstir Raonull Domhnullach, sagart Ghlace Bay, air tilleadh dhachaidh an deigh dha bhi anns an Ròimh agus air chuairt ghoirid troimh chearnan eile de 'n Roinn-Eòrpa. Chuir muinntir a pharraist fàilte chridheil air an oidhche rainig e dhachaidh, oidhche Di-sathuirne s'a chaidh.—An oidhche sin fhein thainig an t-Olla D. A. Siosal, sagart Shidni Tuath, dhachaidh, an deigh dha an geamhradh a chur seachad ann am Florida air-son a shlàinte. Chuir a chuairt do'n tìr chubhraidh, bhlàth sin gu math am feobhas e.

Seachduin gus a bhòn-de, chuir bean Eanruic Jesso, an <eng>Glace Bay,<gai> crioch air a beatha fein. Bha i bhar a dòigh o chionn beagan mhios, ach cha robh curam sam bith air a càirdean gu'n cuireadh i làmh na beatha. Feasgar an latha so chaidh i d'a seòmar ag radh gu robh toil aice cadal 's ag iarraidh nach cuirte dragh oirre. Nuair thainig a fear dhachaidh ghabh e 'n t-eagal nach robh cuisean ceart. Chaidh e stigh do'n t-seòmar agus fhuair e a bhean marbh air an urlar, a sgòrnan air a ghearradh, agus ràsar fosgailte faisg air a làimh.

Tha muinntir Sidni Tuath is <eng>Sydney Mines<gai> feumach air tighean-eiridinn, agus tha iad a feuchainn ri aontachadh mu aon tigh mor a chur suas an àite dha na's lugha. Bha coinneamh aig comhairlichean is dotairean an da bhaile air an t-seachduin s'a chaidh, ach cha d' thainig iad gu còrdadh. Faodaidh e bhith gu'n soirbhich leotha aig an ath choinneamh. Tha'n da bhaile cho faisg air a cheile 's nach teid moran bhliadhnachan seachad gus am fàs iad na'n aon. Tha iad air an aobhar sin toileach air gach dublachadh cosdais de'n t-seorsa so a sheachnadh ma ghabhas e deanamh.

Thàinig seòladairean bhar soitheach iasgaich Frangach air tir ann an Louisburg air an t-seachduin s'a chaidh, agus ghoid iad coig no sia de chaoraich is beagan chearc o dhithis thuathanach a tha fuireach an cois a chladaich. Chaidh an soitheach air an robh iad an deigh sin a stigh do Shidni Tuath, agus an sin chuireadh ceartas air tòir nan ciontach. Tha sinn a creidsinn nach eil eagal sam bith air daoine gu'n beothaich so an t-seann aimhreit eadar an Fhraing is Breatunn, ged chaidh iad roimhe so gu cogadh air-son aobhar bu lugha, mar a thachair nuair a ghabh rìgh na Frainge "a' chailleach" mar ainm air rìgh Shasuinn.

Bas.

Ann an New York air an naodhamh la fichead de dh' April, Iain Fearghasdan, aig aois cóig bliadhn' deug air fhichead. Bha a chorp air a thoirt dhachaidh gu <eng>Caribou Marsh,<gai> agus bha e air a thiodhlacadh ri taobh 'athar ann an cladh <eng>Marion Bridge<gai> air a cheathramh là dhe 'n mhios so. Dh' fhàg e mathair, sianar bhràithean is ceathrar pheathraichean as a dhéigh a' caoidh mac is bràthair caoimhneil, gràdhach, a bha fo mhor mheas aig gach neach a chur eolas air.

Litir a Albainn.

'FHIR MO CHRIDHE,-'S éiginn dhomh feuchainn ri sgrìobag a chur thugad a dh' innseadh dhuit gum bheil mi beo fhathasd ged a tha tacan bho nach cuala tu bh'uam. Ged a's nàr ri innseadh e, 's gann gum bheil mi a' sgrìobhabh facal Gàidhlig 's an t-saoghail so ach am beagan a tha mi cur 'g a d' ionnsuidh fhéin, agus leis a sin tha mi air fàs car leisg air dol 'an greim. Tha mi a' mach á cleachdadh gu h-olc. Mur a bhi MAC-TALLA tha eagal orm nach cuirinn facal idir dh'i air paipear bho cheann gu ceann de 'n bhliadhna.

Bi'dh Gàidheil aig an tigh agus thairis toilichte 'chluinntinn gum bheil an oidheirp ùr a thatar a' toirt air carragh cuimhneachain a chur suas aig uaigh an Lighiche Mhic Lachainn a nis air bheul tighinn gu buil. Có leis nach bu mhiann clach a chur an càrn an Doctair Ruaidh-doctair nam bochd 'us nam feumach! C'àite 'n diugh am faighear lighiche a bheir seachad sgil agus cungaidhean 'an nasgaidh mar a dheanadh esan! Cha 'n 'eil iad idir ann. Tha na h-òrain 's na duanagan aige air an cunntas am measg na bàrdachd a's mìlse a chaidh

a chur r'a cheile bho linn Uilleam Rois. Chuala sinn iomadh duine a' toirt iomradh air Doctair Rathuaidhe—agus a's ainneamh oidhche gheamhraidh nach toirear tarruing air, air aon dòigh no dòigh eile, ann an tighean na céilidh anns na Garbh Chrìochan—ach, cha chuala mi a h-aon riamh a' labhairt uime ach le gràdh, le uaill agus le cliù. Tha an t-Urramach D. Mac Phàrlain, ministear na Marairne, an déigh airgid a thional air son carragh grunn a chur 'suas dha ann an cladh na Cille, agus tha mi a cluinntinn gum bheil a' chlach 'cheana air a snaidheadh agus nach fada gus an cuirear air a bonn i. A's iomadh naigheachd gasda a tha air aithris m'a thimchioll an Lighiche Mhic Lachainn. Bu mhaith agus b' fheumail an obair do chuid—éiginn a b' urrainn an ùine a sheachnadh iad so a thional agus a chur a' mach maille ris na h-òrain aige. Tha na h-òrain, an ceart-uair, a' mach á clòdh.

Ged a's iomadh atharrachadh a thainig air a' Ghàidhealtachd bho cheann leth-cheud no tri-fichead bliadhna tha 'n dròbhaireachd, mar cheird, a' mairsinn, ach beag, cho farumach 's a bha i riamh. Bha eagal air mòran dhaoine gun tugadh na "roupan" a tha a' nis air fàs cho lìonmhor, a bhuille-bhàis dh'i; ach, cha do thachair sin fhathasd. Cha bu mhaith leam fhéin an latha 'fhaicinn anns nach biodh an dròbhair còir a' gabhail sgrìob troimh 'n dùthaich, an tràsda agus a rithisd, a' cur seirm bho thuathanaich agus a' cur meas air ainmhidhnean. 'S e daonnan meadhoin an Earraich àm cho trang 's a tha aig an drobhair, 'chionn, 's e sin an t-àm gu ceannach nan gamhna. Le 'dheise chluthar de chlòdh Gàidhealach agus le 'bhreacan glas thar a ghuala tha e 'siubhal bho mhoch gu dubh bho chlathan gu clachan, a' cònsachadh 's a' cath-labhairt gun stad mu phrìsean bheathaichean. 'S i 'n t-seann riaghailt nach 'eil na gamhna ri 'bhi air an togail air falbh gu Bealltuinn ged a tha iad air an ceannach mu Fhéill Pàruig. Tha aig an tuathanach ri 'm biadhadh 's ri cùram a ghabhail dhiubh gus an téid an liubhairt. Tha 'n dròbhair mar a's trice a' seasamh gach féill 'us faidhir, ged a's gann gur fhiach dha sin a dheanamh. Tha na "roupan" an déigh na seorsa mhargaidhnean so a mhilleadh cho mér agus nach 'eil annta ach an rud a dh' fhalbh. Théid iomadh linn fhathast seachad mu 'n sguir an dròbhair de bhi 'gabhail cuairtean bho am gu am a' measg tuath na Gàidhealtachd; agus, tha mo chead aige! So mar a dh' aithnichear deagha ghamhainn:—

[TD 179]

[Vol. 12. No. 23. p. 3]

"Am bronnach Geamhraidh
'S an seang Earraich."

Ach

"Ceann mor 'us amhach chaol,
Aogasg na droch ghamhna."

Tha leabhar no dha a chòrdas ris gach fìor Ghàidheal an ceart-uair

anns na beairtean. Tha an t-Urramach Dòmhnall Mac 'Illeathain, ministear Dhiùirinis, trang a' sgrìobhadh eachdraidh litreachas na Gàidhlig. Cha'n 'eil leabhar a chaidh a chur a' mach riamh anns a' chànain aosda air nach bi iomradh air a thoirt. Cha 'n e so a cheud no 'n dara h-oidheirp a chaidh a thoirt air mion-chunntas a thoirt seachad air litreachas Tir nam Beann; ach, cho fhad 's a's fhiosrach mi cha'n 'eil moran an diugh beo a's eolaiche air sgrìobhaidhnean Gàidhlig, sean no ùr, na Mr. Mac 'Illeathain. 'S gann gun gabh leabhar Gàidhlig ainmeachadh nach 'eil ri fhaighinn 'an taobh a' stigh de'n fhàrdaich aoidheil aige.

Tha Faclair Gàidhlig le dealbhan 'g a cur a' mach le Mr. E. Dòmhnallach, 'an Kent; agus, tha cóig earrannan de'n leabhar 'cheana ullamh. Tha an obair air a stéidheachadh air an fhaclair aig Mac Leoid 's an Deorach, ach, a bharrachd air a sin tha i a' gabhail a stigh na facail Ghàidhlig uile a tha anns gach faclair Gàidhlig air am bheil iomradh. Cha'n e sin a mhain, ach tha Mr. Dòmhnallach a' cur nam <eng>"proofs"<gai> uile gu Gàidheil a tha gu math a suas ri sgrìobhadh na seann chànain—mar a tha an t-Urramach Iain Mac Ruairidh, Mr. Calum Mac Phàrlain, "Fionn" agus cóignear no seathnar eile. Thèid móran fhacal a chruinneachadh air an dòigh so nach robh ann am faclair riamh roimhe. Tha na dealbhan grinn, snasail, agus tha an clòdh-bhualadh air a dheanamh gu glan, soillear air paipear làmh-dheanta 'an Albainn. Buaidh 'us soirbheachadh air Mr. Dòmhnallach!

Bha geamhradh agus Earrach anabarrach ciùin, fosgailte againn—toilichte, araon do dhuine agus do ainmhidh. Slan leat aig an àm.

Do charaid dìleas,
A. MAC E.

AM MAC A B' OIGE.

Leis an Urr. Iain Mac Ruairidh.

CAIBIDEAL XI.

MAR is trice tha na meirlich glé ghleusda, ach iomadh uair tha iad a' deanamh dearmaid air falach a chur air nithean a dh' fhaodadh a bhith 'na mhàthair-aobhair air an glacadh. Gu fortanach dhomhsa, agus gu mi-fhortanach do'n triuir robairean—agus cha'n urrainn mi ainm a's fhearr a thoirt orra—cha do chuir iad falach air an olc a rinn iad cho math 's a dh' fhaodadh iad a dheanamh.

An uair a cheangail iad mi, thug iad an leabhar-pòcaid á pòc-achlais na peiteig agam, agus cha 'n fhoghnadh sin leotha ach thug iad á pòcaid na briogais am beagan de dh' airgid pronn a bh' agam.

An déigh dhaibh a dhol astar math air falbh thug iad na notaichean as mo leabhar-pòcaid, agus air eagal gu'n rachadh an glacadh, agus gu 'm faighteadh aca e, thilg iad am mach air an amhainn e far am bu bhraise a bha'n sruth. Gun teagamh sam bith bha iad an dùil gu'n

rachadh e fodha, agus nach fhaicteadh gu bràth tuilleadh e.

Is cinnteach gu'n deachaidh e fodha, ach thug sruth làidir na h-aimhne sios air astar mòr e, o'n a thachair gu'n robh tuil mhòr anns an amhainn aig an àm. Am meadhain a ghabh iad gus falach a chur air an olc a rinn iad b'e sid a' cheart mheadhain tre an d' thainig an t-olc gu follais. Tha e air innseadh dhuinn ann am facal Dhé nach 'eil ni sam bith falaichte nach foillsichear, no uaigneach nach tig gu follais.

An uair a thill Fear Bhaile-nan-Slochd o'n mharagadh an déigh dha an spréidh a reic air prìs cho math 's a fhuair e riamh, thaghail e air fear an taigh-òsda anns an d' fhàg e mise, agus dh' fheòraich e mu m' dheidhinn. Dh' innis fear an taigh-òsda dha gu'n d' fhalbh mi gu ruige Struidhleidh ann an cuideachd duine air an robh coltas caoimhneil agus earbsach, agus thuirt e gu 'n robh e cinnteach gu'n ruiginn mo cheann-uidhe gu sàbhailte.

An déidh dha an oidhche a chur seachad anns an taigh-òsda dh' fhalbh e gu math moch 's a' mhadainn, agus thug e aghaidh air Struidhleidh. Bha toil aige a charaid ann an Struidhleidh, a dh' ionnsuidh an d' thug e dhomhsa litir, 'fhaicinn. Agus bha toil aige mis' fhaicinn mar an ceudna, a chum gu'm faigheadh e mach cia mar a bha mi, agus cia mar a bha 'n obair a fhuaradh dhomh a' còrdadh rium; oir bu mhath leis fios a thoirt do m' athair 's do m' mhàthair an uair a ruigeadh e dhachaidh cia mar a bha gnothaichean a' dol leam.

Le treòrachadh dhaoine a bha 'tachairt ris air an rathad, ghabh e aithghearrachd no dhà; oir bha toil aige an t-astar a chur 'na dhéigh ann an ùine cho goirid 's a ghabhadh deanamh.

Chaidh e tarsuinn air amhainn no dhà gun dragh gun chunnart sam bith; oir bha'n t-each glas glé eolach air a dhol troimh fhaoghlaichean 's troimh aimhnichean, 's troimh mhonaidhean àrda garbha, agus bha e-fhein 'na mharcaiche cho math 's a bha ri 'latha 's ri 'linn. Mu dheireadh ràinig e amhainn mhòr, agus ghabh e eagal nach rachadh aige air faighinn thairis oirre; oir bha na bruaichean aice cho cas 's nach robh e furasda dha tearnadh leotha eadhoin ged a thigeadh e bhar muin an eich. Agus a bharrachd air a' sin bha sruth na h-aimhne cho bras agus cho làidir 's gu'n robh eagal air gu'n tugadh e an t-each bhar a chas. Mur faigheadh e seachad oirre, bha eagal air gu 'm feumadh e tilleadh air a' chois-cheum cheudna.

An uair a bha e ann an iomacheist mu dheidhinn ciod bu chòir dha dheanamh, thug e an aire do dhuine air leith-oir a' mhonaidh. Mharcaich e far an robh an duine, agus dh' fheòraich e dheth an robh àth no drochaid air an amhainn faisge air laimh. Thuirt an duine ris e dhol sios mu mhìle ri bruaich na h-aimhne, agus gu 'm biodh e furasda gu leor dha a dhol tarsuinn oirre, ma bha 'n t-each eòlach air grunnachadh aimhnichean.

Mharcaich e sios ri bruaich na h-aimhne mar a dh' iarr an duin' air gus an d' ràinig e àite anns an robh an amhainn gu math leithinn, agus a bruaichean gu math iosal. Bha i mòran na bu doimhne na bha

e'n dùil, agus mu 'n deachaidh e dà shlait o thìr bha 'n t-each air an t-snamh fodha. Mu 'n d' rainig e an taobh thall thug neart an t-sruth sìos e-fhein 's an t-each pailt fichead slat. An uair a chaidh an t-each air snàmh chaidh e air a chliathaich, agus b' ann a' cheart air eiginn a dh' fhan Fear a' Bhaile anns an diollaid. Cha deachaidh e cho dlùth riamh roimhe air a bhith air a bhàthadh.

An uair a fhuair e air tìr thainig e bhar muin an eich agus bha e glé dhiumbach dheth fhein air son nach do lean e an rathad mòr.

Leig e as an t-each fhad 's a bha e fàsgadh an uisge as na bha fliuch dhe 'chuid aodaich. Bha stocainnean tioram aige anns a' mhàileid, agus mu 'n do chuir e uime iad, chaidh e do'n amhainn a nigheadh a chas. Ciod a b' iongantach leis na leabhar-pòcaid fhaicinn am measg a' mhoroghain far an d' fhàg tuil na h-aimhne e beagan laithean roimhe sìd an uair a bha'n tuil àrd agus bras. Ged a bha 'n leabhar fliuch bha e gun dol buileach as a cheile. Ma bha ioghnadh air an uair a fhuair e an leabhar, is ann a bha 'n t-ioghnadh air an uair a dh' fhosgail e e agus a chunnaic e m' ainmsa sgrìobhte ann an àite no dhà ann.

Anns a' mhionaid thuirt e ris fhein gu 'n deachaidh mo bhàthadh anns an amhainn cinnteach gu leòr. Ach an uair a sheall e anns an leabhar gu léir agus a thug e an aire nach robh na notaichean ann, smaoinich e nach b'e mo bhàthadh a rinneadh idir; oir nan robh mi bàithte, bhiodh an leabhar-pòcaid air mo shiubhal agus an t-airgiod ann.

Chuir an gnothach a bh' ann dragh mòr air an inntinn aige. B'fhearr leis aig an àm nach d' thug e cuireadh dhomh riamh gu falbh comhladh ris. Bha e 'g a dheanamh fhein cinnteach gu 'm biodh mo mhàthair is m' athair a' cur coire air a chionn nach d' fhag e mi gu sàbhailte aig mo cheann-uidhe.

Mharcaich e gu math cabhagach gus an d' ràinig e taigh-osda a bha aig snaim dà rathaid. Dh' ordaich e biadh a dheanamh deiseil dha anns a' mhionaid; oir ged a bha 'n dragh-inntinn a ghabh e mu m' dheidhinn-sa an déigh a chàileachd a thoirt ann an tomhas air falbh, bha fhios aige gu 'm feumadh e biadh a ghabhail.

An uair a bha e 'na shuidhe aig a bhiadh, agus e gu dluth a' smaoineachadh air mar a thachair dhomhsa, thainig triuir dhaoine thun an taigh-òsda, agus chaidh iad a steach do sheòmar an òil. Bha deoch orra nan triuir mu 'n d' thainig iad, agus gun dàil dh' iarr iad tuilleadh. Ann an ùine ghoirid dh' fhas iad gu math blàth leis an deoch, agus thòisich iad ri bruidhinn cho àrd 's ru 'n robh Fear a' Bhaile 'cluinntinn, cha mhòr, a h-uile facal a bha iad ag ràdh. Cha robh eadar an dà sheòmar ach tallan de dh' fhiodh tana, agus ged a bhiodh na fir a' bruidhinn na b' isle na bha iad cha bhiodh e doirbh an comhradh a bha eatorra a chluinntinn.

Cha b' ann air a' chomhradh a bha eatorra a bha aire Fir a' Bhaile aig an àm, ach, air a shon sin, an uair a chual' e iad ag iomradh air m' ainm-sa, chuir e a chluas ri claisneachd feuch an deanadh e 'mach a' bheag dhe na bha iad ag ràdh. Chual' e iad a' bruidhinn air

“leabhar-pocaid,” air “sruth na h-aimhne,” agus ghabh e amhrus gu ’m faodadh gu ’n robh fhios aca air rudeigin mu m’ dheidhinn-sa. Ged a dh’ éirich e o’n bhòrd, agus ged a chuir e ’chluas ri sgainneadh a bh’ air an tallan, dh’ fhairlich air bun no barr a dheanamh dhe na bha iad ag ràdh. Mu dheireadh bhuail e’n glag, agus thuirt e gu beag ris an t-searbhanta ’thainig a steach, gu’n robh toil aige fear an taighe fhaicinn.

Ann an ùine ghoirid thainig fear an taighe steach do’n t-seomar far an robh e, agus dh’ fheòraich e dheth ciod e an seòrsa dhaoine a bha ’comhradh anns an t-seòmair eile.

“Cha ’n aithne dhomhsa dad mu ’n deidhinn. Ged a chunnaic mi uair no dha a’ cheart triuir ud, cha ’n ’eil fhios agam co iad, no co as a thainig iad, no c’ aite am bheil iad a’ dol. Bidh mo leithidsa ’faicinn iomadh seòrsa dhaoine aig iomadh àm, agus ma phàigheas iad na gheibh iad, cha ’n ’eil an tuilleadh gnothaich agamsa riutha,”

[TD 180]

[Vol. 12. No. 23. p. 4]

arsa fear an taigh-òsda.

“Ach co ’n taobh as an d’ thainig sibh fein, ma ’s e bhur toil e? Is cinnteach gu ’n cuala sibh air bhur turas an sgeul’ a tha ann am beul gach duine mu ’n droch ghnìomh a rinneadh air balach òg a thainig as a’ Ghàidhealtachd.”

Thug Fear a’ Bhaile an aire gu ’n robh na fir a bh’ anns an t-seòmair eile ’nan tosd aig an àm mar gu ’m biodh toil aca an comhradh a bh’ eadar e-fhein ’s fear an taigh-òsda ’chluinntinn, agus thuirt e ri fear an taigh-òsda gu ’m bu cho math dhaibh a dhol ceum am mach o nach robh toil aige a’ phìob a lasadh anns an t-seòmair.

Chaidh iad am mach agus shuidh iad. “Cha chuala mise,” arsa Fear a Bhaile, “guth no iomradh air an sgeul a dh’ ainmich sibh. Tha mi dìreach air mo thurus o mharagadh na h-Eaglaise-Brice, agus tha mi ’dol gu ruige Struidhleidh a dh’ amharc air caraaid dhomh. Ach bu mhiann leam an sgeul a chluinntinn, oir is ann as a’ Ghàidhealtachd a thainig mi fhin, agus tha bàigh agam gu nàdarra ri muinntir mo dhùthchadh.”

“Tha e air aithris, agus tha e coltach gu ’m bheil e fìor gu leòr, gu’n do cheangail triuir dhaoine an duin’ òg ud ann an taigh fàs a th’ anns a’ mhonadh, agus an deigh dhaibh a h-uile sgillinn a bh’ aige ris an t-saoghal a thoirt uaithe gu ’n d’ fhàg iad ceangailte e. Tha e coltach gu ’n robh e air thuar a bhith marbh an uair a fhuaradh e. Ach tha e nis air tighinn air aghaidh gu math. Bha ’n Doctair Morton, a bha ’frithealadh dha an uair a bha e ann an staid bhàis, ann an so an diugh anns an dol seachad dha gu ruige Cartadail, agus ma dh’ fhanas sibhse an so gus an tig e anamoch a nochd, gheibh sibh am mach uaithe a h-uile car mar a thachair. Tha

'n duin' òg ag ràdh gu 'n aithnich e an treas fear dhe 'n triuir a cheangail e, oir bha e 'na chuideachd a' dol troimh 'n dùthaich fad a dha no trì de laithean. Ach a thaobh an dithis eile, cha 'n aithnicheadh e iad, oir bha 'n oidhche dhorcha ann an uair a cheangail iad e. Tha 'n Doctair ag ràdh gur dòcha gu 'm faighteadh greim orra fhathast nam b'e 's gu 'm faighteadh an leabhar-pòcaid. Bha ochd puinnd Shasunnach aige anns an leabhar, agus bha àireamh a h-uile aon dhe na puinnd Shasunnach sgrìobhte anns an leabhar, agus ainm nam bancaichean do 'm buineadh iad mar an ceudna."

Fhad 'sa bha fear an taigh-òsda ag innseadh so chuimhnich Fear a' Bhaile gur e fhein a dh' iarr orm àireamh nan notaichean a sgrìobhadh. Bha e anabarrach toilichte gu 'n do thachair dha an aithghearrachd a ghabhail ged a theabhadh a bhàthadh anns an amhainn.

Mu 'n gann a chuir Fear a' Bhaile agus fear an taigh-òsda crìoch air a' chomhradh a bha eatorra mu m' dheidhinn-sa, thainig an triuir fhear am mach as an taigh-òsda. Dh' fheòraich fear an taigh-òsda dhiubh anns a' mhionaid an cual' iad mar a thachair dhomhsa, agus an d' fhuaradh forofhais air na robairean.

Thuirt iad gu 'n cual' iad mu dheidhinn mar a thachair, agus thuirt iad nach robh a' chùis coltach gu 'm faighteadh greim gu bràth air na daoine a rinn an cron. Ach am feadh 's a bha iad ag innseadh mu na chual' iad, agus a' toirt am barail air co dhiubh a gheibheadh greim air na fir a rinn an t-olc, bha Fhear a' Bhaile ag amharc orra gu geur, agus ghabh e amhrus làidir gu 'n robh iad ciontach; ach cha do leig e dad air.

An uair a chaidh iad a steach a rithist, dh' òl iad tuilleadh, agus thug iad leotha botul no dhà. O nach robh de dh' iomlaid aca na phàigheadh na dh' ith agus na dh' òl iad, thug fear dhiubh am mach a sporran, agus thug e punnd Sasunnach a dh' fhear an taigh-òsda gus a chuid fhein a thoirt as. Thug Fear a' Bhaile an aire dha so, agus dh' iarr e sealladh dhe 'n phunnd Shasunnach air fear an taigh-òsda, agus ciod a b' iongantais leis na an àireamh a bh' air a bhith sgrìobhte anns an leabhar-phòcaid agamsa.

(Ri leantuinn.)

Litir o Ard-Bhàillidh Dawson.

A CHARAIDE CHAOIMH, -Chunnaic mi an aon de do ghasaidean 'sa Mhàirt iomradh caoimheil a rinn thu orm an uair a chaidh mo thaghadh air son Ard-bhàillidh 'sa bhaile so. Tha e cinnteach ri fhaicinn gu bheil na Gàidheil a seasamh an cor féin an so. A chiad bhàillidh a chaidh a thaghadh b'e Mac Amhlaidh a bh' ann, agus an ath fhear b'e Mac Gillinnein a bh' ann, agus an treas fear do sheirbhiseach simplidh an so. Mar sin faodaidh tu fhaicinn gu bheil na h-Albannaich an còmhnaidh air an toiseach.

Bha geamhradh meadhonach blàth againn an so seach mar a b' àbhaist dha bhith na trì bliadhnachan roimhe so. Tha daoine trang an dràsda

a feitheamh agus a deanamh deiseil air son an uisge 'nuair a thig an aiteamh, agus 's ann an sin a bhios an ùpraid 'nuair a thig an t-uisge 'nuas na glinn.

Tha sùil againn ri céilidh o 'n Phrìomh Mhinisteir an so 'san t-samhradh, co dhiu thig e no nach tig.

Cha 'n 'eil moran agam ri radh an dràsda. Tha mi an dòchas gu bheil na càirdean agus luchd-leughaidh MHIC-TALLA uile slàn.

Is mi 'ur caraide,
SEUMAS F. DOMHNULLACH.

Ard-Bhàillidh Dawson.

<eng>Dawson, Yukon Territory, April 12, '04.<gai>

P. S.—Thoir mo bheannachd do Pheigidh Phabach, agus do Bhodachan a' Ghàraidh, agus gus an duin'-uasal a sgrìobh "Eóghain bàn mac an t-saighdeir."

Robinson Crusoe.

CAIBIDEAL XX.

DEC. 27—Mharbh mi gobhar og, agus leon mi te eile cho mor 's gu 'n deachaidh agam air breith oirre agus a toirt leam dhachaidh air sreing. An uair a rainig mi dhachaidh chuir mi slisnean ris a' choise bhrìste aice, agus cheangail mi suas i cho math 's a b' aithne dhomh. Thug mi an aire mhath dhi, agus ri uine dh' fhas a' chas aice cho math agus cho laidir 's a bha i riamh. Leis mar a bha mi 'toirt an aire dhi cho math, dh' fhas i ciallach, agus bhiodh i 'g itheadh an fheoir air an reidhleoin a bh' aig an dorus agam, agus cha 'n iarradh i teicheadh air falbh idir. B' e so a' cheud uair a smaoinich mi gu 'm bu choir dhomh teannadh ri arach 's ri ciallachadh chreutairean, a chum gu 'm biodh biadh agam an uair a theirgeadh mo chuid fudair is luaidhe.

Dec. 28, 29, 30—Bha teas mor ann, agus cha robh deo ghaoithe ann; agus air an aobhar sin cha deachaidh mi ceum o 'n taigh gus an deachaidh mi, an uair a thainig fionnaireachd an fheasgair, feuch am faighinn rud a dh' ithinn. Chuir mi seachad an uine a' cur mo ghnothaichean air doigh a staigh.

Ianuari 1—Latha gle theith. Moch 's a' mhadainn agus anamoch feasgar, chaidh mi mach sgrìob leis a' ghunna, agus bha mi staigh 'nam shineadh ann an teas a' mheadhain latha. Air an fheasgar so, air dhomh a dhol na b' fhaide na b' abhaist dhomh suas an gleann a bha mu mheadhain an eilean, thug mi an aire gu 'm robh pailteas de ghobhair ann ged a bha iad anabarrach fiata, agus doirbh faotainn dluth dhaibh. Agus chuir mi romham gu 'm feuchainn ri breith orra leis a' chu.

Ian. 2—Uime sin, chaidh mi mach le mo chu air an ath latha, agus leig mi anns na gobhair e; ach bha mi air mo mhealladh, oir

thionndaidh iad uile an aghaidh air a' chu. Thuig an cu an cunnart ann an robh e gle mhath, agus cha rachadh e am faisge dhaibh.

Ian. 3—Thoisich mi ri cur balla suas, agus air dhomh a bhith fo eagal gu 'n cuireadh neach sam bith dragh orm, chuir mi romham gu 'n deanainn gle thiugh agus gle laidir e.

O 'n a thug mi seachad cunntas mu dheidhinn a' bhalla so roimhe, runaich mi gun iomradh a thoirt air anns an am so. Foghnaidh dhomh a radh gu 'n d' thug mi o 'n treas latha de Ianuari gus an ceathramh latha deug de dh' April ag obair air mu 'n do chuir mi crìoch air, ged nach robh ann ach mu cheithir slatan fichead air fad. Bha e leith chruinn air beulaobh na creige agus a dha cheann ris a' chreig beagan shlatan air gach taobh de dhorus na h-uamha.

Fad na h-uine so dh' oibrich mi gle chruaidh, ach bha mi iomadh latha, agus air uairibh seachdainean, gun chomas air car a dheanamh leis an uisge. Ach bha mi 'smaointean nach b' urrainn domh a bhith sabhailte gu leor gus am biodh am balla so crìochnaichte. Agus is gann a chreideadh daoine an t-saothair mhor a ghabh mi ri a h-uile car a rinn mi, gu h-àraidh ann a bhith toirt nam maidean as a' choille, agus 'gan cur gu domhain teann anns an talamh; oir bha iad moran na bu mho na ruigeadh iad a leas a bhith.

An uair a chuir mi crìoch air a' challaid so agus a chuir mi balla phloc an taobh am muigh dheth, bha mi 'g am dheanamh fhin cinnteach, ged a thigeadh daoine air tìr, nach tugadh iad an aire gu 'n robh aite-comhnuidh ann. Agus b' fhortanach an gnothach dhomh gu 'n d' rinn mi m' aite-chomhnuidh ann an aite cho falachaidh, mar a dh' fhaodar a thoirt fa near 'na dheigh so. Re na h-uine so, bha mi 'toirt cuairt air feadh an eilean a h-uile latha air toir seilge an uair a bhiodh an turadh ann. Agus fhuair mi mach mu iomadh rud a thainig gu mo bhuannachd na dheigh sid; gu h-àraidh fhuair mi mach gu 'n robh seorsa de chalamain fhiadhaich air an eilean, a bha neadachadh, cha 'n ann an craobhan mar a ni calamain-choille, ach ann an tuill 's na creagan coltach ris na calamain-thaighe.

Ghlac mi feadhainn oga dhiubh, agus chaidh agam air an deanamh ciallach; ach an uair a dh' fhas iad sean theich iad air falbh. Is docha gu 'n do theich iad a chionn nach robh mi 'g am biadhadh math gu leor; ach cha robh biadh freagarrach dhaibh. Ach air a shon sin, fhuair mi na neadan aca tric gu leor, agus mar an ceudna an fheadhainn oga, agus bha iad gle mhath ri 'n itheadh.

A nis, an co-cheangal ri riaghladh mo thaighe, thuig mi gu 'n robh iomadh rud a dhith orm, agus bha mi 'n toiseach a' smaointean nach rachadh agam air an deanamh; agus gu dearbh dh' fhairlich orm cuid dhiubh a dheanamh. Agus b' ann diubh buideal. Bha buideal beag no dha agam mar a dh' ainmich mi cheana, ach cha b' urrainn domh fear a dheanamh coltach riutha ged a thug mi iomadh seachdain air feuchainn ri fear a dheanamh. Cha b' urrainn domh mas a chur

[Vol. 12. No. 23. p. 5]

ann, no idir na clair a dhluthachadh cho math 's gu 'n cumadh e uisge; agus air an aobhar sin leig mi an obair as mo cheann.

Anns an ath aite, bha mi gle éiseil a chion choinnlean; air an aobhar sin, b' fheudar dhomh a dhol a laidhe an uair a thuiteadh an oidhche, sin ri radh, mu sheachd uairean. Chuimhnich mi air a' chnap de cheir sheillean dhe 'n d' rinn mi coinnlean an uair a bha mi air theicheadh air corsa Africa; ach cha robh dad agam dheth a nis. B' e an doigh a ghabh mi a' gheir a bh' anns na gobhair a bha mi 'marbhadh a ghleidheadh, agus cruisean beag a dheanamh de chriadh, air a thiomachadh leis a' ghrein, agus siofag a dheanamh de chainib. Mar so chaidh agam air solus fhaotainn, ged nach robh e cho math ri solus coinnle.

Air dhomh a bhith trang a' rùileach am measg nan gnothaichean lionmhor a thug mi as an luing, thachair poca beag rium, mar a dh' ainmich mi cheana, a bha lan de ghran gus a bhith biadhach na h-eunlaith a bha air bord 's an luing, cha b' ann air son an turuis so, ach roimhe sid, tha mi 'smaointean, an uair a thainig an long a Lisbon. Dh' ith na rodain am beagan nach d' fhuair an eunlaith dhe na bh' anns a' phoca, agus cha 'n fhaca mi dad anns a' phoca ach cath, agus smurach. Agus o 'n a bha toil agam am poca chur gu feum eile, tha mi 'smaointean gur ann gus fudar a chur ann, an uair a bha mi 'g a roinn air eagal roimh dhealanaich, dhoirt mi as an smodal a bh' ann aig bonn na creige faisge air a' challaid.

Thachair so beagan uine mu 'n d' thainig na h-uisgeachan troma a dh' ainmich mi. Cha do ghabh mi suim sam bith dheth, agus cha mho a bha cuimhn' agam gu 'n d' rinn mi e. Mu mhios 'na dheigh sid thug mi an aire gu 'n robh beagan de ghasan gorma a' fas as an talamh, agus bha mi smaointean gur e luibh araidh a bh' ann nach fhaca mi roimhe. Ach bha ioghnadh anabarrach mor orm, an uair a thug mi an aire, an ceann beagan uine, do dheich no dusan dias de dh' eorna gorm air tighinn am mach-a' cheart sheorsa de dh' eorna 's a tha fas ann an Sasunn.

Tha e neo-chomasach dhomh cainnt a chur air an ioghnadh a ghabh mi, agus air a liuthad smaointean a' dhuisc suas 'nam inntinn. Gus a so cha robh srad dhe 'n diadhachd annam. A dh' innseadh na firinn, cha robh ach gann smaointean mu Dhia 's mu dhiadhachd 'nam cheann idir, agus bha mi 'smaointean gu 'n do thachair a h-uile rud a thachair dhomh air thuiteamas, no mar a their sinn gu neo-smaoineachail, a reir toil Dhe. Cha mho a thug mi fa near gu 'n robh crìoch araidh sam bith aig an Fhreasdal anns an amharc anns na nithean so, no gu 'n robh e riaghladh an t-saoghail a reir riaghailt agus orduigh. Ach an deigh dhomh an t-eorna fhaicinn a' fas ann an aite bha fhios agam nach robh freagarrach air son a leithid de bharr a thoirt am mach, agus gu h-araidh o nach robh fhios agam cia mar a thainig e an sid, ghabh mi ioghnadh anabarrach mor.

Thoisich mi ri smaointean gu 'n d' thug Dia, ann an doigh mhiorbhuillich, air a' ghran so fas gun siol sam bith a bhith air a

chur ann le lamh duine, agus gu 'm b' ann gu sonraichte a chum biadh a chumail rium fhin anns an aite through ud a thachair e.

Bhean so ri mo chridhe ann an tomhas beag, agus thainig na deoir do m' shuilean, agus thoisich mi ri mi-fhin a chliuthachadh a chionn gu 'n do thachair a leithid so de ghnathach miorbhuilleach a chum math a dheanamh dhomh. Ghabh mi am barrachd ioghnaidh dheth so, an uair a thug mi 'n aire gu 'n robh gasan de sheorsa grain eile a' fas faisge air an eorna. Dh' aithnich mi gu 'm b' e rais a bha 'n so, oir chunnaic mi a' fas e an uair a bha mi air tir ann an Africa.

Cha b' e mhain gu 'n robh mi 'smaointean gur ann air mo shon fhin gu sonraichte a chuir am Freasdal an da sheorsa grain so gu fas, ach cha robh tuilleadh dhe 'n cheart sheorsa anns an aite. Chaidh mi air feadh na cuid sin dhe 'n eilean anns an robh mi roimhe, agus bha mi 'sealltainn gu dluth anns a h-uile cuil agus aig bonn gach creige feuch am faicinn tuilleadh dheth, ach cha robh e ri 'fhaicinn.

Mu dheireadh bhuail e anns an inntinn agam gu 'n do chrath mi am poca anns an robh biadh nan cearc anns an ait' ud, thoisich an t-ioghnadh a bh' orm ri dhol an lughad. Agus, feumaidh mi aideachadh gu 'n d' fhas mo thaingealachd do Dhia na bu lugha mar an ceudna, an uair a thug mi fa near nach robh ann ach rud a dh' fhaodadh tachairt gu cumanta, ged bu choir dhomh a bhith cho taingeil air son obair iongantach an Fhreasdail 's ged a thachradh e gu miorbhuilleach. Is e ulluchadh an Fhreasdail dhomhsa a bh' ann da rireadh gu 'm biodh e air ordachadh gu 'm fagadh na rodain deich no dusan graineann eorna gun itheadh dhe na bh' anns a' phoca. Bha so mar gu 'n tuiteadh na grainnean a nuas o neamh. Bha e mar an ceudna 'na ni comharraichte gu 'n do thachair dhomh an smodal a bh' anns a' poca a thilgeadh anns a' cheart aite ud far an robh a' chreag ard a' cumail sgail air o theas na grein, agus far an d' fhas e ann an uine ghoirid; oir nan do thachair dhomh a thilgeadh ann an aite anns an ruigeadh teas na greine air bha e air a losgadh.

(Ri leantuinn).

Litir a L' Ardoise.

A DHEAGH CHARAID,—Thug mi fa near an cunntais goirid a thug “Gleann-a-bhàird” seachad anns an àireamh mu dheireadh dhe 'n MHAC-TALLA, mu “Bhaisteadh cloinne” aig <eng>Grand River, <gai> dlùth do 'n àite so. Tha e 'feòrach cia miad tha fhathast a làthair de'n àireamh a chaidh a bhaisteadh air an latha ud, Ogust 16, 1824. Bheir mise oidhirp air beagan fhacal a thoirt seachad mar is aithne dhomh, mu 'n fheadhainn air am bheil eolas agam, de'n mhuinntir ud.

Tha “Anna, nighean Dhonnachaidh Mhic Choinnich” beo fhathast agus gle thapaidd dhe h-aois. Tha mi eolach oirre o'n bha mi 'nam bhalach, còrr agus fichead bliadhna, agus cha'n fhaic mi 'bheag de chaochladh a thighinn oirre 'san ùine sin. Cha 'n 'eil ach mu sheachduin o'n thug i turus á cladach L'Ardoise, astar sia mìle; agus dh' fhàgadh coiseachd an astar sin air ais 's air adhart ri

droch rathad muinntir tha moran na 's òige na Anna gle sgìth. Thadhail i stigh oirnn air a tilleadh 's bha i coltach gu leor gu uiread eile a dheanamh 'nam b' éiginn e, ged a bha i 'g radh gu 'n b' fhasa leatha turus a thoirt as a Bhagh an Iar, uair gu'n robh i. Tha Anna mo seana mhaighdeann, gle chuireadach, gleusda 'na seanachas, agus toilichte le staid, ni, tha mi creidsinn, tha cuideachadh leatha gu aois mhor a ruigheachd.

Tha "Seoras, Mac Uilleam 'Ic Aoidh" a còmhnuidh an L 'Archeveque. Thug e moran bliadhnachan air falbh o'n dachaidh. 'Se duine mor calma bha ann, cosannaiche math, gus an d' thug an lònidh buaidh air. Tha e gle dhoirbh dha gluasad, ach le cuideachadh a bhata theid aige air a dhol a mach 'sa steach, gearraidh e'n connadh aig an dorus 's ni e nithean beaga mu 'n cuairt an taighe. Tha Seòras 'na dhuine còir, diadhaidh; seanachaidh math aig am bheil iomadh naigheachd fhirinneach mu nithean a bha tachairt 's na làithean a dh' aom. Cha robh e pòsda riamh uige so, 's tha mi creidsinn nach bi.

Tha "Peigi, nighean Alasdair Mhic-Calamain" beò mar an ceudna. Bha i 'na nighean thapaidh, agus bha feum aice air a sin iomadh uair. Cha robh a bheag a dh' eolas agam oirre. Bha i tinn air an earrach so, ach tha mi 'tuigsinn gu bheil i 'dol am feobhas. Cha 'n eil fhios agam a bheil aon eile de 'n chlann ud a làthair no nach eil, ach 'se barail is fhearr a th' agam nach 'eil. Tha e iongantach nach robh aon dhe'n triùir a dh' ainmich mi posda. Ma dh' fhaoidteadh nach misd' iad sin dad ann an deanamh suas nam bliadhnachan. Guidhean àireamh dhaibh fhathasd!

Tha moran 'san àite a b' fhearr gnothuch na mise gus an cuspair so a laimhseachadh—daoine tha air teachd gu aois, aig am bheil barrachd eolas mu na cùisean na th' agamsa. Ach 's fhearr leotha a bhi cosg an tìm a bruidhinn mu pholitics na suidhe sìos gu facal a' sgrìobhadh mu na seann daoine còire o'n d' thainig iad.

Chaidh muc-mhara 'mharbhadh an acarsaid L'Ardoise, air April 26. Cha robh i ach beag—mu ochd troidhean fichead. Bha i na h-ionghadh le moran, ni a bh' air a nochdadh leis an àireamh a chaidh 'ga coimhead. An urrainn do neach air bith innse a bheil ainm sam bith eile orra 'sa Ghàilig? Bu ghlé thoigh leam an t-oran a tha toiseachadh le na briathran "Ciamar dh' faodas mi bhi beo, 'san duine breòite, truagh agam?" fhaicinn 'sa MHAC-TALLA. Bha beagan rannan agam fhein dheth, ach tha iad air a dhol air di-chuimhe orm.

COINNEACH A. MAC FHEARGHAIS.
L'Ardoise, Maigh 5, 1904.

Litir a Eilein a' Phrionnsa.

FHIR-DEASACHAIDH,—Bho iomadh bliadhna bha dùil agam sgrìobhadh ugaibh, ach leis a h-uile trioblaid 's mi-shonas a bha 'cumail mo chinn troimhe-chéile, cha do dhùirig mi riamh tòiseachadh gus an diugh. 'Sa cheud àite tha mi air son mìle taing a thoirt do na

Gaidheil treun, uasal, blàth-chridheach a tha sgrìobhadh litrichean snasail agus an cainnt fhinealta as gach cearua dhe 'n t-saoghal gu MAC-TALLA mu dheidhinn treòrachadh agus caithe-beatha nan Gàidheil anns gach àite sam beeil iad. 'S iomadh uair sin a thug e togail do m' chridhe, 'nuair a bhithinn trom, dubhach, a bhith leughadh MHIC-TALLA, agus a faicinn cho dìleas, duineil 'sa tha Gàidheil a seasamh gualainn ri gualainn ann an cumail suas cainnt an dùthcha 'bh' aig ar màthraichean. Tha MAC-TALLA na dheagh phaipeir teaghloich, a toirt seachad naigheachdan, eachdraidh, sgeulachdan, bàrdachd agus leughadh eile nach urrainn ach a bhith taitneach do luchd-leughaidh Gàilig, agus bu chòir gach fìor Ghàidheil cuideachadh leis agus cothrom a thoirt do 'n òige gus eòlas fhaotainn air a chainnt a labhair an athraichean anns a ghleann 'san robh iad òg. C'ar son a dheanamaid a leigeil air diochuimhn? Tha h-uile reusan againn air a bhith deanamh uail aise mar an oighreachd a's luachmhoire a dh' fhàgadh againn le ar n-athraichean; agus cha 'n 'eil dòigh air an fhèarr is urrainn dhuinn a cumail suas na le bhith toirt gach cuideachadh a dh' fhaodas sinn do 'n phaipeir so.

Rinn an sneachda agus sero greim math air an tìr so aia a' gheamhradh, ach tha iad a taiseachadh a nis 's tha an t-àm ann. Tha mi 'n dùil nach d' thainig geamhradh bho chionn fada cho cruaidh, agus fuar, reòta bho thoiseach gu deireadh. Fada roimh 'n àm so an uiridh is ann le cuidhleachan a b' urrainn dhuinn falbh air an rathad, ach faodaidh sinn am bliadhna falbh fhathast le sleighe. Tha biadh spréidhe a' fàs gu math gann oirnn. Is iomadh aon a bha 'n dùil gu 'm biodh gu leòr aige agus ri sheachnadh a

[TD 182]

[Vol. 12. No. 23. p. 6]

dh' fheumas a bheag no mhor a cheannach.

Tha iomadh Gàidheil a gabhail còmhnaidh anns an Eilean so, ach mar tha nàdarra tha iad a falbh 's a tighinn, ach tha barrach a fabh 's a tha tighinn. Tha na fìor sheann daoine 'fàs gann, agus mar an ceudna òige nach deach fad' air réis na beatha ga'n leantuinn.

B' fhìor thoil leam a bhith cluinntinn o "C.C." Tha meas mor againn air a chuid litrichean, agus tha sinn an dòchas gu 'n sgrìobh e moran dhiubh air an t-samhradh so.

Ma theid aig neach a tha leughadh a' phaipeir so air an òran "Eilean Sgitheanach nam buaidh" fhaotainn 'sa chur a dh' ionnsuidh a MHIC-TALLA dhuinn, bidh mi gu mor na chomain.

Tha Pàrlamaid an Eilean so cruinn an dràsda, ach cha 'n 'eil moran gnothuich 'ga dheanamh. Tha 'chuid mhor dhe 'n ùine air a caitheamh le connsachaidhean mu nithean beaga nach 'eil a chum moran feuma do 'n dùthaich.

Tha mi a' cur dolair anns an litir so feuch an cuidich e le MAC-

TALLA 'chur ugainn uair 'san t-seachdain mar a b' àbhaist dha.

Tha mi a smaoinichadh gu bheil mo litir fada a nis fada gu leòr; agus ged nach 'eil annamsa ach tuathanach gun moran sgoile no comas air sgrìobhadh Gàilig ach na dh'ionnsaich mi le bhith leughadh 'ur paipeir, tha mi 'n dòchas nach dean sibh tàir air mo litir. Slàn leibh aig an àm so.

Is mi do charaid dileas a h-uile latha chi 's nach fhaic.

ALASDAIR MAC MHANAINN.

Braidalbainn, E. P. I., April 28, 1904.

Seann Sgeul Gaidhealach.

B'i boirionnach do Chloinn-Dhiarmaid a thug cìoch do dh' Alasdair Stiùbhart, fear Ghart. Bha dithis mhac aice, agus chaidh eucoir a dheanamh air an fhear dhiu 'bha na cho-dhalta do'n tighearna, le Mac Mhic Iomhair Glinnlìbhit. Dh, fhalbh an dithis bhràithrean gu Dùn Ghart air ghearan. Bha fios aig Mac Mhic Iomhair gu'n éireadh fear Ghart an aobhar nan òganach, agus dh' orduiche e, uime sin, an ruaig a chur orra agus gun leigeadh dhoibh dol as. Chunnaic Clann-'ic-Dhiarmaid an tòir a' tighinn cas orra, 's o nach robh dol as aca leum iad do'n abhainn Lìbhinn, an dùil nach leanadh an luchd-tòrach iad, ach ged a leum chaidh co'dhalt' an tighearn a lot le saighead agus bhathadh e. Theirear ris an àite gus an la 'n diugh Linne Dhòmhuill. Shnàmh am fear eile gu tìr agus thug e mach Gart.

Cha luaithe chuala Fear Ghart mar a bhà, na thog e air, e féin 's a ghillean a thoirt a mach éiric a cho'dhalta. Dh' aithnich Mac Mhic-Iomhair mar bhiodh a' chùis, agus chruinnich esan a dhaoine, agus choinnich na seòid a chéile mu mheadhon a' ghlinne. Dh' fhàg na cinn-fheadhna an cuid daoine agus chaidh iad an còmhdhail a chéile, feuch an réiteadh iad a' chùis eatorra féin.

Bha breacan-an-fhéilidh air Fear Ghart, 's bha'n dara taobh dhe dorcha, 's an taobh eile dearg. Mu 'n do dhealaich e r'a ghillean thuirt e riutha fhad 's a chitheadh iad taobh dorch' a' bhreacain a mach mar bhà e gu'n iad a ghluasad, ach 'nam faiceadh iad e 'tionndadh an taobh dheirg iad a tharruinn an lann.

Cha robh an dithis fada 'seanachas 'nuair rinn Mac Mhic Iomhair fead; chual a dhaoine e, agus tharruinn gach fear a chladheamh. "C'arson an fhead?" arsa fear Ghart. "Cha 'n 'eil," ars' esan, "ach a thional mo chuid éildean o na beannta." "Ma' s ann mar sin a thà," arsa fear Ghart, "'s mithich dhòmhsa mo mhìolchoin a ghairm," 's e 'tionndadh a mach taobh dearg a bhreacain. Thug na suinn 'na chéile, -thòisich an slachdradh, 's b'e sin an cath fuileachdach! Mu dheireadh ghabh Clann Mhic-Iomhair an ruaig, 's lean càch iad ochd mìle suas an gleann; ann an so thionndaidh iad a rithist, ach cha b'fhada 'sheas iad; thuit mu sheachd fichead dhiu! Am beagan dhiu 'chaidh as theich iad gu cearn eile de'n dùthaich. Ghlac Fear Ghart 'sa chuideachd an tighean 's an cuid fearainn, agus an ni a

bhuannaich e mar so leis a' chlaidheamh chaidh a dhaingeachadh dha le lagh na rìoghachd fo làimh rìgh Seumas an treas anns a' bhliadhna 1477.

'Nuair bha na Stiùbhartaich a' pilleadh o'n chath chaidh iad a thaobh do'n abhainn a nighe na fola bhàrr an claidhean. 'S ann uaith so a fhuair an gleann an t-ainm. Mu'n do thòisich an cath chuir na Stiùbhartaich dhiù seòrsa chuaran a bh' orra, agus dh'fhàg iad iad ri sgàth creige. Lean Leac-nan-cuaran rithe gus an la'n diugh-Dail an Rùsgaidh ris an àit anns an do rùisg iad an claidhean-Laggan a' chath ris an àit an d' thàinig iad gu buillean, agus Camus-nan-carn ris an aite 'n do thill Clann Mhic Iomhair an déigh an ruaig a ghabhail agus far 'n do mharbhadh a' chuid bu mhò dhiu.

Chaidh claidheamh agus aon de na tuadhan-airm a chladhach á Laggan-nan-cath anns a' bhliadhna 1816, agus bha iad an sin aig an t-seanalair Daibhidh Stiubhart, mar a chaidh innse dhòmhsa.

Rìgh Raibeart Bruce.

Air do'n laoch ainmeil so, a sheas cho duineil airson a dhùthcha an aghaidh ainneart nan Sasunnach, 'bhi mach air là araidh a' gabhail seallaidh air an fheachd choimheach a bha teachd na aghaidh, ghabh e mu thàmh an oidhche sin ann an sobhal beag a bhuineadh do dhuine bochd a bhunaich dileas dà. Anns a' mhaduinn 'nuair a dhùisg e, 'se na shìneadh air a leabaidh chonnlaich, mhothaich e os a cheann damhan-alluidh a' streap gu mullach a bhothain. Thuit e gu làr, ach gun dàil thug e'n ath-oidhirp. Chunnaic an rìgh so agus bu duilich leis fhaicinn a' tuiteam an dara h-uair. Dh' fheuch e ris an treas uair, ach ma dh' fheuch cha b'ann a b' fhearr a shoirbhich leis. Dhùisg e iomaguin agus truas an rìgh fhaicinn a' tuiteam sia uairean, ach air an t-seachdamh uair bhudhaich e, agus rainig e mullach an t-sobhail. 'Nuair chunnaic an Rìgh so dh' éigh e le deothas, Theagaisg am beathach faoin so dhòmhsa bhi adhartach, agus gun ghéilleadh. Leanaidh mi a shamhladh. Nach do bhudhaich an nàmhaid sia uairean a'm' aghaidhsa, agus ma dh' fhaoidte gur ann ri aon deuchainn eile a tha saorsa mo dhùthcha an earbsa. Chrioslaich e e-fein, agus beagan làithean an deigh sin chuir e 'n cath buadhar air blàr Bhanocburn, a bha co cliùiteach do'n rìoghachd, agus co dosguinneach do'n fheachd anabarrach air an do chuireadh an ruaig.

Foghlumadh an Criosduidh o'n fhaoin bheathach, agus o'n laoch ainmeil so, a bhi gu h-adhartach, seasmhach ann an cur cath a chreidimh, chum gu'm faigh e coron na glòire. "Uime sin, bithibhse daingean, neo-ghluasadach, a' sior mheudachadh ann an obair an Tighearn, air dhuibh fios a bhi agaibh nach 'eil 'ur saothair diomhain anns an Tighearna."

Tha chuideachd a bha 'g obrachadh meinn ghuaill Joggins, an siorrachd Chumberland, an deigh bristeadh. Tha a mhèinn aig an àm so gu ìre bhig na 'tàmh, na mèinneadairean a diùltadh an còrr obrach a dheanamh gus am faigh iad an tuarasdail. Tha coig seachduinean

obrach air-son nach d' fhuair iad paidheadh. An deigh dhaibh seasamh a mach thòisich a mhèinn ri lionadh le uisge, ach dh' aontaich iad an ceann beagan laithean na taomadairean obrachadh air sgàth a mhèinn a shàbhaladh.

Rìgh Alfred.

Bha'n rìgh ainmeil so 'nam measgsan bu ghlice, a b' fhearr, agus a b' fhiughantaiche a rioghaich riann am Breatunn agus bha 'chaithe-beatha ro chomharraichte. Bha aig gach uair d' a bheatha a gnothach fein air a chur air leth. Roinneadh e an la agus an oidhche 'nan tri earrannan le ochd uairean do gach aon diubh; agus ged a bha e gu mor air a chlaoidh le galar craiteach, cha do ghabh e ach ochd uairean eadar chadal, theachd-an-tir, agus shraidimeachd; agus ochd uairean eile do leughadh, do sgriobhadh, agus ùrnigh; agus an treas earrann do ghnòthaichean na rioghachd. Bha'n duine mor so cho mothachail air feumalachd aimsir 's nach bu mhiann leis earrann air bith dhi a mhibhuileachadh; agus gu 'm b' eiginn da cunntas ìocadh Dhàsan a bhuilich air i. Agus gu cinnteach ma bha 'leithid-san de dhuine, anns an inbh' a b' airde air thalamh, ann am measg gach buairidh le socair, pailteas, agus toilinntinn, mar so cùramach gu banastighe mhath a dheanamh air 'aimsir agus 'ùine gu h-iomlan a bhuileachadh ann an cuisean feumail, nach nàr mi-chiatach a thig e dhoibhsan aig nach 'eil a shamhuil sin de bhuaireadh, an aimsir a struidheadh ann an dearmad agus mi-bheus! An deigh d'a naimhdean an ruaig a chur air fein agus air 'fheachd, agus e ga fholach o na Lochlannaich, bha e fein agus a theaghlach air ro bheagan loìn, mar chi sinn o na thachair air latha àraidh. Thainig bleidire dh' ionnsuidh a lùchairt bhig a dh' asluchadh déirce. Thuirt a' bhanrighinn ris, nach robh aca ach aon bhuilionn arain, a bha ro bheag air an son féin agus an càirdean a bha air ionnsuidh chum lòn fhaotainn, ged nach robh mor fhiughair aice gu'n soirbhicheadh leo. Ach thuirt an rìgh rithe, "Thoir leth na builionn do'n duine bhochd. An Ti a bha comasach air coig mìle a shasachadh le coig breacagan agus da iasg, tha e lan-mhurrach air sinne a riarachadh leis an leth eile de'n bhuilionn." Fhuair an duine bochd a bhloidh fein; agus chaidh luigeachd iomchuidh ìocadh airson a' ghnìomh fhiughantaich so, le a luchd-muinntir a thighinn dachaidh trom luchdaichte le goireasan iomchuidh.

Chaidh a chuid bu mhò de bhaile Fernie, B. C. a losgadh gu làr air an naodhamh la fichead de dh' Aprail. Tha'n call air a mheas air coig ceud mìle dolair. Cha deach fhàgail ach mu'n deichead cuid de'n bhaile.

Chaidh muc-mhara ochd troidhean fichead a dh' fhad a ghlacadh air cladach L'Ardoise o chionn da sheachduin. Bha i air a cròthadh gu tìr leis an deigh mhoir, agus an sin chuir diùlnach d am b' ainm Paddy Sampson agus beagan de luchd cuideachaidh crìoch oirre le forcannan-fèidir 's inn ealan bàsmhor eile. Thatar ag radh nuair a bha i marbh 's a dh' fhosgladh a beul gu'n do sheas gille da bhliadhn' deug a dh' aois eadar a da chàirein.

Chaidh soitheach seòlaidh d' am b' ainm Onora a chall faisg air beul acarsaid Halifax, oidhche Di-sathuirne an la mu dheireadh de dh' Aprail. Bha ceò trom ann toiseach na h-oidhche, chaidh an soitheach bhar a cùrsa, 's bhual i air creig. Bhàthadh an sgioba gu h-iomlan, sianar eadar sgiobair is sheòladairean. Bhuineadh dithis dhiù do Nobha Scotia, dithis eile do <eng>New Brunswick,<gai> 's aon do Newfoundland. Cha d' fhuair eadhon fios ciod a b' ainm no dùthaich do'n t-siathamh fear.

Tha an t-iasg ris an canar am biorach o chionn thri bliadhna a' deanamh call mor air iasgairean nan roinnean iochdrach-a' cur as do n iasg a bhios iad a glacadh agus a bristeadh nan lion orra. Timchioll chladaichean Cheap Breatunn tha moran de na h-iasgairean an deigh call mor fhulang, agus tha daoine dhe'n bharrail gu bheil e dleasanach air àrd-riaghladh na dùthcha ionnsaidh a thoirt air cur as do'n bhiorach gu buileach. Dh' aontaich comhairle na siorrachd so air an t-seachduin s'a chaidh a chùis a chur fa chomhair an àrd-riaghlaidh, agus tha dòchas aca gu'm faicear iomchuidh mi-eigin a dheanamh air-son an t-iasgach a chumail o bhi air a thur mhilleadh.

[TD 183]

[Vol. 12. No. 23. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH NAR TAIGH-CEANNACHD AIR Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

A. J. G. MACEACHUINN,
FEAR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
<eng>McDonald Building, Charlotte Street.<gai>

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>
FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.

Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stòr-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-Os cionn Stòr Harrington.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>
CORPAICHTHE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:
<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.
<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air
adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3½% 'sa
bhliadhna.

Oran.

LE AONGHUS MAC-AN-TOISICH.

Dh' fhag sinn cladach Alb' an dé,
'Us gach gleann, beann 'us tulach
Air am bi gu bràth ar déigh,
'S far am bheil luchd-gaoil a fuireach.

FONN-

Sgoltadh thonn, sgoltadh thonn,
Sgoltadh thonn cuan nan gailleann;
Sgoltadh thonn, sgoltadh thonn
Leis an long 's fearr aig Ailean.

Cha 'n 'eil mulad air aon ghnùis,
Cha 'n 'eil aon sùil a sileadh:
Tha gach neach an geall air òr,
'Us le stòr 'dol a thilleadh.

'Us an aite port a bhroin,
Cumha Dhomhuill Bhàin Mhic Cruimein,
'S ann tha 'm piobaire 'th' air bord
'Cur na seoid 'dhanns' 'sa mhireadh.

'Us tha 'n long gun bhréid, gun seol,
Ach le innleachdan teine,
'Srachdadh tonnan garg le 'sròin,
'Us 'gan cuir na 'n ceo le deireadh.

Air tìr chrannach mhor an iar
Tha a sroin air a cumail,
Leis na fir nach stiùireadh clì,
Gillean Il' agus Mhuile.

Cluinnear aon a seinneadh cliù
Tìr nam buirda gun ghainne,
Air am bheil gach smuain 'us suil,
'S air am bheil sinn dluth a teannadh.

'Us neach eile 'g inns' mu 'n fhonn
A tha saor, farsuinn, torrach;
'Us a leithid éigeach lom
Tha an Alb' chreagach, chorrach.

Soraidh leibh, a chuideachd chaomh,
Tha Cuebec 'nis am fradharc,
'S mar a sgapar moll le gaoth,
Bidh sinn sgaoilte gu goirid.

'Us mur coinnich sinn gu bràth,
'Us 's e 's docha nach coinnich,
Cumaidh gaol ar n-oige blath
Do thìr bhoidheach nam bonnach.

An t-Each Donn.

LE DONNACHADH RUADH MAC CUITHEIN.

Thuir an t-each donn aig Gilleasbuig,
"Fhuair mi greiseagan sàruich:
Bha is' as mo dheaghaidh
'S mi 'ga draghadh gu làidir,
Bha mi greis aig tigh Dhòdd leath',
'S aig cornair tigh Larraidh,
Is 'nuair ghabh mi fuachd
Thug mi suas an t-sraid ard orm.
Na hoigh ho ró.

"Thuir Seost, 's e dol seachad,
'S e 'cur orm fàilte,
'Dé nise do naigheachd,
No cia mar a thà thu?
Dé 'n t-ait' an robh t-eolas,
No còmhuidh do mhàthar?'
Bha mi greis 'sa Bhras d'Or,
Far 'n robh moran do m' chairdean;
'S ged a thug iad gu cùl mi,
Cha bu diumbach mi 'Phadraig.
Na hoigh ho ró.

"'S e tarruinn an sgadain
A' lagaich cho tràth mi,
'Dol fodh' anns na barrain
'S a bristeadh na bàire
'Ga thoirt thun a' ghriasaich',
'S gu Iain a bhrathair,
'S gu Aodh is gu Eachunn,
'S gu mac Iain 'ic Phadraig.
Na hoigh ho ró.

"Bha mi turus aig Eachunn
'Fhuair mi pailteas de shàradh,
Ged nach d' rainig mi 'm baile
Chaidh mi faisg air tigh Chearnaidh,
Nuair a thainig am feasgar,
Nach deanamaid càll dheth,
Bha tigh air a chùl
A bha dlùth dhuinn an càirdeas.
Na hoigh ho ró.

"Mu 'n d' rainig mi Lachlainn,
B'e mo charaide bàigheil,
Thiormaich e m' fhallus
'S chuir e steach mi dh'an bhàthaich,
Thug e ultach de dh' fheur dhomh,
Is siol air a chàthadh,

Is deoch dh'an an uisge,
'S cha bu mhisde mo chàil e.
Na hoigh ho ró.

"Gach neach 'tha mu 'n cuairt dhomh
'Tha tighinn air mo shàiltean,
'S ann a labhair iad Beurla,
'S cha tuig mise Gàilig;
Ged dheanainn mo dhichioll
Ri dìreadh 's ri tearnadh,
'S fheudar dhomh fuireach
Ri 'm buillean 's ri 'n stràcan."
Na hoigh ho ró.

Thugadh an t-each donn a <eng>French Vale<gai> mu 'n bhliadhna 1842.
B'e a cheud each a thainig do 'n chearn' ud dhe 'n duthaich, agus
cha 'n 'eil teagamh nach robh e faighinn a dhiol ri dheanamh. Anns
a' cheud rann tha air a chiallachadh le "is' as mo dheaghaidh," muc
a bha e slaodadh a stigh dh' an bhaile agus a thug damaiste gu leor
dha, oir cha robh ach fìor dhroch rathad ann. A bharrachd air a sin
cha tuigeadh e facal Gàilig; oir 's e each Frangach a bh' ann; agus
cha robh Fraingis aig na daoine ann. Cha 'n 'eil neach a th' air
ainmeachadh anns an oran an diugh beo.

Fhuair mi an t-oran so o'n Tàillear Moireasdan, duine sunndach, mar
a tha na tàillearan mar is trice.

Anns an àireamh mu dheireadh dhe 'n MHAC-TALLA thug "An Ciaran
Mabach" seachad a dha no trì de rannan dhe 'n oran "Cailleach a'
chàrnain." So agad da rann eile:-

Thuirt bean Fhionnlaidh Ormond,
Chunnaic mis' am bòcan,
'S o'n bha mi na m' ònrachd
Cha do dheonaich mi fantainn.

'S mor an t-aobhar smaointean,
Ma bhualas an t-aog i,
'S gu 'm faighear na slaoid i
An taobh so dhe 'n bharrain.

PEIGIDH PHABACH.

Oran Stumachd.

AIR SEANN FHONN.

Rachadh cuideachd òg na stumachd
A thoirt sguabadh air na frògan.

Ho-rinn, ho-rinn, ho-rinn, ho-rinn,
Ho-gaidh ho, na ho-ro hù-o;
Ho-rinn, ho-rinn, ho-rinn, ho-rinn.

Sud na lasgairean tha buadhach,
Gillean stuama, fallain, stòlda.

Togaibh bratach ghlan na stuamachd,
Thugaibh buaidh, is leanaibh tòrachd.

A cur teicheadh air gach grùdair,
Gus an dùinear tighean pòiteachd.

Sud an stuth 'sa bheil am puinsein,
'S beag tha loinn air fear a dh' òlas.

Sud an stuth a bheir a sgoinn as,
Ga 'chur air a dhruim 'san òtraich.

Salach, diblidh 's mar a thà e,
'S e ar bràthair: deanaibh còmhnaidh.

Eireamaid a mach mar aon neach,
Biomaid uil' air taobh na còrach.

Eireamaid le rùn cur as da,
'S mac-na-braiche 'deanamh dòbheart.

Cuim am fuilgeadhmaid 'nar measg iad,
Tighean misgearachd is fòirneart.

Bidh na h-ighneagan leinn uile:
'S math an cuideachadh 'san tòir iad.

Theid na mnathan leinn le dùrachd:
'S iomadh té dhiubh chiùrr an t-òsdair.

'S iomadh té tha caoidh gu cràiteach
Mac, is bràthair, is fear-pòsda.

Cumamaid ar bratach suas
Gu faigh sinn buaidh air stuth na tòiseachd;

'S gus nach faighear anns an dùthaich
Neach a thairgeas drùgh ri òl dheth.

Nuair a dh' fhàsas daoine stuama
Bidh an gluasad mar is còir dha.

Ho-rinn, ho-rinn, ho-rinn, ho-rinn,
Ho-gaidh ho, na ho-ro hù-o;
Ho-rinn, ho-rinn, ho-rinn, ho-rinn.

Mar 'eil eolas aig an leughadair air an t-seann fhonn so, faodaidh
na rainn a bhi air an seinn air fonn, "Sud agaibh an deoch a dh'
òlainn."

Ho ro, Mo Nigh'n Donn, Bhoidheach.

LUIÑNEAG.

Ho ró, mo nigh'n donn, bhoidheach,
Hi rì, mo nigh'n donn, bhoidheach,
Mo chaileag laghach, bhoidheach,
Co 'phosainn ach thu?

A Pheigi dhonn nam blàth-shul,
Gur trom a thug mi gradh dhuit:
Tha d' iomhaigh, 'ghaoil, is d' ailleachd
A ghnath tigh'n fo m' ùidh.

Cha cheil mi air an t-saoghal
Gu bheil mo mhiann 's mo ghaol ort;
'S ged chaidh mi uat air faondradh,
Cha chaochail mo rùn.

'Nuair bha mi ann ad lathair,
Bu shona bha mo laithean,
A' sealbhachadh do mhanrain,
Is aille do ghnùis.

Gnuis aoidheil, bhanail, mhalda
Na h-oigh is caoimhe nadar;
I suairce, geanail, baigheil,
Lan grais agus muirn.

Ach riamh o'n dh' fhag mi d' fhianuis,
Gu bheil mi dubhach, cianail;
Mo chridhe trom 'ga phianadh
Le iarguin do rùn.

Ge lurach air a' chabhsair
Na mnathan oga Gallda,
A righ! gur beag mo ghealls'
Air bhi sealltainn 'nan gnùis.

'S ann tha mo rùn 's na beanntaibh,
Far bheil mo ribhinn ghreannar,
Mar ròs am fasach shamhraidh,
An gleann fad' o shùil.

Ach 'nuair a thig an samhradh,
Bheir mise sgriob do 'n ghleann ud,
'S gu 'n tog mi leam do 'n Ghalldachd,
Gu h-annsail, am flùr.

CUISEAN CLEIREACHAIL—Oidhche Di-haoine, an naodhamh la fichead de'n
mhios a dh' fhalbh, bha an t-Olla W. H. Smith air a shuidheachadh
mar mhinisteir an Eaglais Sràid Falmouth 'sa bhaile so. Shearmonaich
e a cheud uair 'san Eaglais air Latha Bealltainn. Tha Mr. Smith na

dhuine og an tréine neart, air am bheil cliù mor mar dhuine 's mar shearmonaiche. Bha e roimhe so ann an Summerside, E. P. I.—Tha Mr. Mac-Fhraing, a bha anns an eaglais so roimhe, a nis air a shuidheachadh ann am parraiste 'san t-seann dùthaich.—Tha Mr. Forbes, ministear St. Andrew's, air a thurus dhachaidh a tir Chanàin. Tha duil ri e ruigheachd Shidni air an t-seachdain so.—Tha Mr. Tearlach Mac-an-Toisich, a bha tinn ré a gheamhraidh, a nis gu slan, fallain, 's air ceann a shaoithreach aig <eng>Reserve Mines.<gai>

[TD 184]

[Vol. 12. No. 23. p. 8]

Amhairc an So!

'san ath aireamh airson

SANAS UR

bho

<eng>The Canadian Bank of Commerce

Sydney, C. B.

P. C. STEVENSON, MANAGER.<gai>

Marbhrann.

LE UILLEAM MAC LEOID.

'S bochd an sgeul aig luchd-eolais,
'Bhliadhn' ùr a dh' fhàg brònach luchd-dàimh,
O'n a chaill iad an t-òigfhear
A bha 'n Hògh, nuair bu bheo e, na thàmh;
Bu tu smior an duin'-uasal,
'Bha aoidheil ad ghluasad 's ad ghnàths,
'S mi nach aithnicheadh ort gruaman,
Ged a chluinneadh tu tuairisgeul cearr.

'S e bha tùrsach na h-eolaich
'N àm dhaibh d' fhaighinn gun deo leis a' bhàs,
Bha do phàrantan brònach,
Chuir e saighead 'n am feoil gun bhi slàn;
Chaill iad fiùran na maise,
Bha ro chliùiteach ri fhaicinn air blàr,
Dh' aithnicheadh càch ort le t' fhaicinn
Gu robh aoidh agus tlachd ann an ghnàths.

'S beag an t-ioghnadh do bhràithrean,
'S bidh do pheathraichean cràiteach ri 'm beo,
Iad gun sunnd ri ceol gàire,
Bho 'n la chuireadh tu 'n càradh fo 'n fhòd,
Fhuair iad greadan a chràdh iad,
Leag an cridhe gu làr leis a bhron,
'S beag an t-ioghnadh le càch sud,
'S gu robh cridhe gach nàbaidh fo leon.

Bha thu 'd chompanach sàr mhath,
Nach robh sgrubail ad ghnàths air aon seol;
Bha thu siobhalt ad nàdar,
'S bidh do dhuais ann an làthair a' Mhòid;
'S bochd a chuideachd a dh' fhàg thu,
Bhi ga d' chumha 's e 's dàn dhaibh ri 'm beo,
O'n a chaidh do chàradh
Ann an an ciste chaol chlàraidh nam bord.

Bha thu caranta, càirdeil,
Thug thu barrachd air àireamh an t-sloigh,
Ged a thainig am bàs ort,
'M fear nach caomhain aon stàl anns an fheoil,
Bheir e uainne na 's tràithe
A chuid is airidh air gràdh an Ti Mhoir,
'Chum an togail gu Pàras,
Gun bhi siubhal am fàsach nan deoir.

'S aobhar smaointean gach la dhuinn
Gun tig teachdair a bhàis oirnn mar cheo
Ged a bhiodhmaid 'n ar slàinte
'S sinn gun fhios nach e màireach an lò;
A bhi lag no bhi laidir
No bhi sean thig am bas air ar tòir,
'S a dh' aindeoin spionnadh nan gairdean
Cha bhi fuireach no dail aig an òig'.

Ciod e 'm feum bhi ga àireamh,
Ged a gheibheamaid cradh na bu mhò?
Thig sud uile gun dail oirnn,
Cha 'n 'eil neach ann a thearnar le sgleo;
Thug am bas leis na fàidhean,
'S thug e buille do 'n t-Slànuighear Mhor,
'S ged bu treibhdhireach Dàibhidh,
Rinn a chumhachd a chàradh fo 'n fhòd.

Ach leam is cinnteach bho d' nadar
Gu 'n d' fhuair d' anamsa fabhar aig gloir,
Thainig cuireadh o'n Ard-Rìgh,
Aig 'bheil iuchair na slaint' is na neoil,
Ga d' ghairm thun a Phàras
'Sa bheil sonas is gairdeachas mor,
'Steach air geata nan grassan
Far nach coinnich am bas riut na's mò.

Rugadh Uilleam MacLeoid ann an Uidhist a chinn a' Deas, agus
chaochail e aig na Forks, faisg air Sidni, 'sa bhliadhna 1876. 'S
ann 'san t-seann dùthaich a rinn e am marbhrann.

Oran

LE DUGHALL MAC PHAIL.

Air dha bhith air an rathad do Shasunn, 's e 'n déigh a bhean agus a
mhac, Domhnall beag, fhagail.

A Dhòmhuill bhig, o hù o hó,
A Dhòmhuill bhig, o hù o hó,
A Dhòmhuill bhig, o hù o hó,
Tha m' inntinn trom o'n dhealaich sinn.

A Dhòmhuill bhig, 's tu m' ùigh is m' annsachd!
'S i do bhlàth-shuil grian mo shamhraidh;
Chlaon gach ni gu duibhre 'gheamhraidh,
Bho'n a chaill mi sealladh ort.

Dh' fhag mi 'n nochd thu measg nan dù-Ghall,
Ghabh mi fàth 'nuair bha do chùl rium;
'S cinnteach leam gu 'n dean thu m' ionndrainn,
Mu 'n tig dùiseal cadail ort.

Dh'fhag mi'n diugh thu fein 's do mhàthair
As mo dhéigh ro chianail, craiteach;
Cruas na bliadhna, 's cha'n e 'n t-ailghios,
'Chuir an dràs' do Shasunn mi.

'S trom mo ghleus 's mi 'nochd ga'r n-ionndrainn,
'S mi air barr nan strachd-thonn dùmhail,
'Fagail Albainn air mo chùlaobh,
'Dol a null thar Berwick.

Chi mi mach thar guala 'n fhuaraidh
Cladach garbh is gailbhich nuallan;
'S mor gu 'm b' fhearr 'bhi 'fagall Chluaidh
'S a stiùireadh tuath air "Ealasaid."

'S beag tha dh' fhios aig fleasgaich aosda
'Liuthad ànradh is cruaidh-fhaochnadh
'Th'aig fear-teaghlaich air bheag maoin
A' stri ri saoghal carraideach.

Ach ged tha mi bochd 'n am chrannchur,
'S beag na th' agam fhéin de fharmad
Ris na fleasgaich sheasga, bharr-chruaidh,
Ged robh sealbh air fearann ac'.

Am fad 'sa gheibh mi biadh is aodach,
'S comunn blàth mo chéile ghaoil
Le 'fiùrain oga 'fas ri 'taobh,
Cha chuir an saoghal smalan orm.

Ged tha mise cian air fògar
Bho na glinn 's an goir an smeorach,
'S iomadh linn o'n bha mo sheorsa
Eadar Ròthail 's Brathadal.

'S iomadh cearn do'n d' rinn iad sgaoileadh
Deas is tuath air feadh an t-saoghail;
'S iad na Goill 's na caoirich mhaola
'Chuir mo dhaoin' air allaban.

'S iomadh fàrdach fhialaidh, aoibheil
'Bh' anns a' ghleann am faight' an aoidheachd,
'Tha gun cheann, gun chrùb, gun taobhan,
Fo na caoirich Shasunnach.

Gleann mo chridhe! gleann mo dhùthchais!
Gleann nan raon 's nam fuaran cùbhraidh!
Nam bu leam ach trian de m' dhùrachd,
Sud an ùir 's an caidilinn.

Chaidh <eng>Richmond Corner,<gai> baile beag ann an <eng>New
Brunswick,<gai> a dhubhadh as le teine toiseach na seachduin so. Bha
ceithir taighean deuga air an losgadh, 's cha deach a bheag sam bith
de bhathar no de dh' innsridh a shàbhaladh.

ANNS AN STOR UR
LE STOC MOR DE DH
Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula
ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE
air Sraid Shearlot.
<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

A' Ghailig:
" 'S i labhair Adhamh
Ann am Parras fein."

" 'S i a's fear gu togail inntinn
Le binn-ghuth comhraidh tlath,
'S i a's sgaitiche gu mi-mholadh
'S a's mine 'nochdas gradh;
'N am cruinneachadh nam miltean
Le piob gu iomairt lann,
'S i a dhuiseadh colg air oigridh,
'Nuair 'thogteadh srol ri crann."
-Donnachadh Bàn.

Cuir a dh' iarraidh "Mhic-Talla."

<eng>Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na
treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

[Dealbh]

A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>

Sidni, Feb. 8, '01.

A. J. BEUTAN.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "policies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.

M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

NIALL MacFHEARGHAIS,

Ceannaiche Taillear.

Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a' sùire.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh

riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

Mac-Talla.
Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.
Bliadhna, \$1.00
Tri Miosan, .30
Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchda gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton<gai>

[TD 185]

[Vol. 12. No. 24. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

Tha MAC-TALLA a nis da bhliadhna dheug a dh'aois. Cuiridh an àireamh a thig a mach air a' 24mh la de dh' Iun crìoch air Vol. XII. Leis an àireamh sin, mur tachair ni-eigin ris nach eil dùil, gabhaidh e a chead deireannach de 'chàirdean. Cha'n urrainnear leantuinn air a chur a mach na's fhaide, a chionn aobhar no dha-an t-aobhar a's mò nach eil uiread de na Gàidheil ga ghabhail 'sa dh' fhóghnadh air-son a chumail air adhart.

Bha bochdainn mhor air a' gheamhradh s'a chaidh air slugh taobh an ear Newfoundland, an àiteachan lethoireach a tha doirbh an ruigheachd aig àm sam bith de'n bhliadhna ach 'san t-samhradh. Bha aig moran dhiu ri 'n cuid bidh is annlan a tharruinn leth-cheud mìle air sleigheachan chon. Nuair a rainig a cheud soitheach na h-àiteachan sin air an t-samhradh so cha robh punnd fluir no mine ri fhaotainn ann an astar mhillean.

Thainig uisge o chionn seachduin a rinn feum mor do'n dùthaich. Dior-daoin 's Di-haoine s'a chaidh thainig dìle mhor an deigh turadh a mhair còrr is da sheachduin. Ged bha'n t-uisge sin car fuar thaisich e 'n talamh agus air an t-seachduin so thainig frasan blàtha agus grian a thug adhartas mor air feur is fochann. Tha na craobhan fo dhuilleach, 's tha'n aimsir air a chuid a's lugha seachduin na's tràithe na bha i 'n uiridh.

Bha cuid de phaipeirean nan Stàidean ag innse gu robh coig ceud duine tinn leis a bhrìc ann an Sidni aig aon àm 's gu robh na ficheadan air bàsachadh. Nach beag an t-ioghnadh ged tha daoine tuigseach cho leisg air an cuid sgeul á duthchannan fad as a chreidsinn nuair thogadh iad sgeul cho breugach an àite nach eil ach beagan cheudan mìle o'n dùthaich fein. Cha robh an naidheachd so ach a reir àbhaist nam paipeirean buidhe. Cha tig as a phoit ach an an toit a bhios innte.

Tha Latha Bhictoria, a reir lagh na dùthcha 's cleachdadh an t-sluaigh, air a chumail cho math 'sa bha e, roimh bhàs na bàn-rìgh'nn òirdhearc sin, air a chumail mar a latha-breith. B'e Canada a cheud chearna de'n Iompaireachd a rinn latha-saor dheth an deigh a bàis. Lean cearnan eile a h-eisimpleir. agus ged tha latha-breith an rìgh air an naodhamh latha de Nobhember, thug e-fein òrdugh gu'm b'ann air a cheathramh la fichead de'n Mhàigh a bhiodh e air a chumail. Faodar a radh gu bheil e ann an Canada na's measaile na latha-saor sam bith eile. A tighinn dìreach an deigh fuachd a gheamhraidh 's buige an earraich, mar gu'm b'eadh aig starsnach an t-samhraidh, tha e na latha da-rìreadh toilichte, agus cha'n eil sean no òg, bochd mo beairteach, nach fheaird a thighinn. Cha'n eil ach aon roinn an Canada anns nach eilear ga 'chumail gu riaghailteach; 'se sin

Cuebec. Gabhaidh an roinn sin fhein ris fhathast, agus bidh an ceathramh la fichead de'n mhios so air a chumail, le muinntir na dùthcha so co-dhiù, mar cheud latha-saor an t-samhraidh 's mar chuimhneachan air a bhàn-rìgh a b' fhearr a shuidh riamh air cathair-rioghail a dùthcha.

Tha a bhreac a dol bàs ann an Ceap Breatunn. Cha'n eil tinn leatha ann an Sidni a nis ach fìor bheagan a tha dol am feobhas, agus cha'n eil i sgaoileadh idir. Tha i cuibhtean Hogamah, far an robh i o chionn mìos no dha 's far an d'thug i fo chis eadhon fear de na dotairean. Cha'n easlaint samhraidh a bhreac co-dhiù, agus o'n tha a mhor chuid de'n t-sluagh an deigh iad fein a dhion leis a bhreac bheag a ghabhail tha dòchas aig daoine nach bi i cho pailt 'san dùthaich air chabhaig a rithist.

A reir cùntais a thugadh seachad anns a phàrlamaid Bhreatunnaich air an t-seachdain s'a chaidh, tha e cosd dlùth air leth muillion dolair 'sa bhliadhna aon de na soithichean a's motha tha 'sa chabhlach-chogaidh a chumail air obair eadhon an àm sìthe. Tha bhi cumail suas airm is innealan-cogaidh na 'eallach trom air dùthaich, agus bidh aobhar aig an t-saoghal uile air gairdeachas a dheanamh nuair a thig na slòigh gu bhi bualadh an claidhean gu coltairean, agus an sleaghan gu corrain-sgathaidh; nuair nach tog cinneach claidheamh an aghaidh cinnich, agus nach fòghlum iad cogadh ni's mò.

Tha iasgairean ag radh gu bheil am biorach na bhiadh math air-son glacadh truisg. Tha 'n t-àrd-riaghladh a dol a chur dearbhadh air sin air an t-samhradh so. Tha na bàtaichean cogaidh a bhios ag amharc thairis air an iasgach ri cuid de'n ùine chur seachad a glacadh bhiorach a bhios air an toirt a nasgaidh do na h-iasgairean gu bhi air an ùisneachadh mar bhiadh. Ma dhearbhar gur biadh math iasgaich iad, faodar a bhi cinnteach gu'm bi na h-iasgairean gle dheònach leantuinn orra, oir bhiodh iad mar sin a marbhadh da eun leis an aon urchair-a' cur as do'n bhioraich, 's a' caomhnadh an sgadain air-son feum dhaoine.

Thatar ag innse dhuinn gu bheil Marconi air a thurus do America, gu'm bi e an ùine ghoirid an <eng>Glace Bay.<gai> Cha'n eil an innleachd aige gu ruige so gle shoirbheachail, ach tha e 'g obair oirre gu dìchiollach, agus tha dòchas aige nach ruith moran ùine tuilleadh gus am bi e comasach dha fiosan a chur thar a chuain leatha. Tha fios a Sasunn ag innse gu bheil na h-iasgairean timchioll air Poll-dubh, an Cornwall, ag iarraidh stad a chur air na h-obraichean a chuir e suas an sin, a chionn gu bheil dile uisge ann a chuid a's mò de'n ùine o'n chaidh an togail. Cha chuala sinn gearain sam bith de'n t-seòrsa a tighinn á <eng>Glace Bay.<gai>

Thachair droch sgiorradh aig Eilein Phòil maduinn Di-haoine s'a chaidh. Bhuail an soitheach-smùide <eng>Turret Bay<gai> air an

eilein, agus an ceann fhichead mionaid chaidh i do'n ghrùnnd. Bha duin' air fhichead de sgioba oirre, 's bha trì deug dhiù air an call. Bha coignear dhiù sin air an togail le bàta, ach bha iad cho fad air ais 's gu'n do chaochail iad mu'n d'fhuaireadh an toirt gu tir. Bha naodhnar a chaidh a shabhaladh air an toirt gu tir le dithis dhaoine tha'g obair air an eilein, Iain, mac do Shomhairle Caimbeal, fear riaghlaidh an eilein, agus fear MacLeòid. Bha'n soitheach luchdachte le gual air a turus o Shidni gu Montreal. Bha an sgiobair Hayden air aon de'n fheadhain a bh'air an call.

Tha'n t-àrd-riaghladh an deigh daoine 's mnathan a thoirt a nall á alba a dh' ionnsachadh do iasgairean an sgadan a ghlacadh a reir dòigh na seann dùthcha. Tha 'n cairtealan ri bhi aig Canso, N. S., 's thainig soitheach-smùide nall leotha gu bhi aca ri'n obair. 'Se barail an luchd-riaghlaidh gu faighte pris a b'fhearr air sgadan na dùthcha so na'n ionnsaicheadh na h-iasgairean a ghiullachd mar a bhithear a deanamh an Alba.

Chaidh Aonghas MacIomhair, aig na Caoil Bheaga, a mharbhadh air an t-seachduin roimh 'n te s'a chaidh le tuiteam fo lòd feòir. Bha e na shuidhe air an lòd nuair chuir a chairt car dhith. Bha esan air fhaotainn fodh 'n fheur, air a dhochann cho mor 's gu 'n do chaochail e. Bha e ceithir fichead is aon bhliadhna dh' aois. Bha e na dhuine aig an robh deagh fhòghlum, 's a bha re ùine na <eng>inspector<gai> nan sgoilean ann an siorrachd Victoria. Bha e mar an ceudna na fhear-ceartais, agus bha deagh mheas air am measg nan eòlach.

Tha 'n Dotair Murchadh Siosal ann a Halifacs a thairgse do oil-thigh na h-Eaglais Chleirich 'sa bheil sinn coig dolair fhichead 'sa bhliadhna gu bhi air a thoirt mar dhuais do 'n fhoghlumaiche a's fhearr air a Ghàilig. Tha moran de na h-òganaich a tha criochnadh am fòghlum an "Cnoc a ghiubhais" na 'n luchd-labhairt Gàilig, 's tha dùil aig a mhor chuid dhiù sin a bhi 'ga searmonachadh, ach gu ruige so cha robh iad a faighinn cothrom no cuideachadh sam bith air a h-ionnsachadh. Tha 'n Dotair Siosal air son sin a leasachadh, agus a tairgse na duaise dh' ainmicheadh, an dòchas gu 'n dean daoine' eile tuilleadh cuideachaidh leis an deagh aobhar.

Smaointean Iriosal.

Is miann leis gach neach eòlas saoghalta agus cliu dhaoine a mhealtuinn; ach ciod an tairbhe a ta ann an cliu agus am foghlum gun eagal Dé? Is fearr gu deimhin am fear-duthcha iriosal a ta ri seirbhis do Dhia, na am feallsanach uaibhreach a ta beachdachadh air cursa nan nèamh, is g'a dhearmad féin. An neach d'an aithne e fein gu maith, bithidh e suarach 'na shealladh féin, is cha tlachd leis cliu dhaoine. Ged b' aithne do dhuine gach foghlum a ta r'a fhaotainn, agus gach lagh a

[Vol. 12. No. 24. p. 2]

ta riaghladh a chrumne-ché, ma tha e aineolach air truaillidheachd a chridhe féin, agus as eugmhais gràidh do'n Ti sin a chruthaich e, ciod an tairbhe a bhios 'na 'uile eòlas an lathair Dhé 'nuair a bheirear breth air a réir a ghnìomhara?

Leig dhiot mor-mhiann air cliu an t-saoghail so, do bhrìgh gu'm faighear an sin mòr chealg agus seacharan inntinn. Iadsan a ta foghlumte is miann leo bhi air am meas agus air an gairm nan daoine glìce; agus tha iad gu minic ag iarraidh deadh-ghean dhaoine thar deadh-ghean an Tighearna. Is mi-chiallach an duine sin a chuireas a dhùil ann an nithibh talmhaidh, 'nuair tha e a' dichuimhneachadh nan nithe sin tha feumail chum beatha agus slàinte. Cha sàsuich mòran fhocal an t-anam; ach tha deadh chaithe-beatha a' toirt fois do'n inntinn, agus coguis ghlan a' toirt seachad mor-earbsa ann an Dia.

Mar is mò agus is fearr t'eòlas, 'sann o sin is truime a bheirear breth ort mur caith thu do bheatha a réir lagha Dhé. Uime sin 'na bi air do thogail suas le eòlas no foghlum air bith, ach bitheadh eagal ort an còmhnuidh nach 'eil thu a gluasad a réir nan cothroman a chaidh a dheònachadh dhuit. Ma chithear leat gur aithne dhuit mòran do nithibh, agus gu bheil t'eòlas a' ruigheachd a dh'ionnsuidh nithe dorcha agus do-thuigsinn, cuimhnich aig an àm cheudna gur lionmhor na sin gu mòr na nithe air am bheil thu aineolach. Na bi àrd-inntinneach, ach gu'm b'fhearr leat t' aineolas aideachadh. Na cuir thu féin roimh neach sam bith, agus na dean tàir air aineolas neach eile, 'nuair a gheibhear mòran ni's foghlumte agus ni's glìce na thu féin. Ma 's àill leat eòlas agus ionnsachadh feumail fhaotainn, bi an còmhnuidh a' fiosrachadh do dhleasanais do Dhia, agus gad mheas féin neo-fhoghlumte. Cuimhnich gu bheil gach neach lag agus buailteach do mhearachd; ach faic nach meas thu neach air bith ni's anmhuinne na thu féin.

Mu Mhiodal.

Bha aon do uachdaranaibh Shasunn, do'm b'ainm Canute, 'na rìgh àrd agus cumhachdach. Le a ghiulan glìce agus seòlta dh' fhàs e mòr ann an cliu agus am beartas; thug e buaidh air a naimhdibh gu h-iomlan; agus dhaighnich e a rìgh chaithir le laghannaibh cothromach a thoirt d'a iochdaranaibh, agus le ceartas a dheanamh eadar duine agus duine. Thachair e gu'n robh uaislean an rìgh so ro-mhiodalach ris. Bha iad ga àrdachadh ann an inbhe os ceann gach creutair cruthaichte, agus 'nan amaideachd bha iad ag ràdh gu'm buineadh an talamh agus an fhairge dha, agus gu'n robh gach ni 'sa chruinne-ché gu h-iomlan f'a cheannsal.

Mhi-thaitinn am miodal so ris an rìgh; agus chum achmhasan a thoirt doibh, dh'orduich e a rìgh-chaithir a shuidheachadh air traigh na fairge 'nuair a bha an làn-mara air traoghadh. An sin chaidh e dh'ionnsuidh na traighe, agus air dha suidhe sìos 'na chaithir rioghail, agus a dhaoine mòra uile 'nan seasamh mu'n cuairt da,

thubhairt e ris an fhairge. “Cuimhnich, O chuain! gu bheil cumhachd agamsa os do cheann, agus gu’m feum thu bhi umhal do gach focal a labhras mi. Tha mi ’g ràdh riut na tig ni’s faide agus na fliuch casan do mhaighstir.” An deigh dha so a ràdh thòisich an làn mara ri teachd a mach lion beagan is beagan; bhuaill na tonnan gu laidir agus gu buaireasach air an rìgh-chaithir agus b’éigin do’n rìgh teicheadh as an rathad, chum’s nach sluigeadh na h-uisgeachan suas e. An sin thionndaidh e r’a uaislibh agus thubhairt e riu, “Tha sibh a’ faicinn nach ’eil a’ mhuir umhal do m’ ghuth, agus nach ’eil tuille suim aice dhìom na bhiodh aice do’n duine a’s truaighe agus a’s aimbeartaiche a ta còmhnuidh a’m rioghachd. Cuimhnichibh á so suas gur esan a mhàin a ta airidh air cliu agus urram a chaisgeas tonnan uaibhreach na fairge, agus a their rithe le cumhachd, “an fhad so thig thu, agus na tig ni’s faide.”

Tha an duine mìodalach an còmhnuidh ’na dhuine cealgach. Dealbhaidh e aimhleas ’na chridhe do bhrìgh nach ’eil suim aige do fhirinn no do cheartas; agus bheir e air a theangaidh snas a chur air gach ni tha e a’ coimhlionadh chum’s gu’n dall e sùilean an t-saoghail so, agus gu’m faigh e cliu agus urram o dhaoineibh. Labhraidh e ris an neach a’s mò agus a’s cumhachdaiche na e fein le briathraibh mìodalach chum’s gu’n dean e buannachd dheth. Gun churam air bith aige do staid a chridhe giùlainidh se e fein gu faicilleach am fianuis dhaoine; agus cosmhuil ris an Phairiseach cealgach, glanaidh e an taobh am muigh, ’nuair tha an taobh a stigh dheth làn do reubainn agus do aingidheachd. Uime sin ma tha mhiann oirnn gu’m bi Dia air ar crann, feumaidh sinn teangadh mhìodalach a sheachnadh, agus an fhirinn a labhairt anns gach cùis, agus rìs gach neach. Tha e an còmhnuidh mar fhiachaibh oirnn a thoirt fa near nach ann a reir barail dhaoine a theid breth a thoirt oirnn, no a reir meas ar co-chreutairean a bhios ar gnìomharan air an cothromachadh. Tha ar cridhe rùisgte an lathair Dhe. Is leir dha gach smuain do’m bheil sinn ’toirt caidreamh. Sgrùdaidh e airnean ar cridheachan agus bheir e breth oirnn agus luigheachd dhuinn a reir ar toillteanais.

Air an aobhar sin na tugamaid mòr-aire do bharaill sluaigh eile mu ar timchioll; ach rannsaicheamaid ar cridheachan fein le mor-churam; cothromaicheamaid ar gnìomhara a reir lagha fhìorghlan Iehobhah; thugamaid fa’near gu bheil sinn ag iarraidh bhi foirfe agus coimhlionta ’nar giùlan, agus ’nar n-urnuigh ri Dia abradh gach aon againn gu dùrachdach, “Rannsaich mi, a Dhe, agus aithnich mo chridhe; dearbh mi agus tuig mo smuainte. Agus amhairc am bheil slighe olc air bith annam, agus treòraich mi anns an t-slighe shìorruidh.” Gluaiseamaid air an dòigh so, agus an sin saoraidh Dia sinn o chridhe cealgach, agus o theangaidh mhìodalaich; stiùraidh e sinn ’san t-slighe ’san còir dhuinn imeachd, agus bheir e fadheoidh sinn a dh’ionnsuidh rioghachd na glòire.

AM MAC A B’ OIGE.

Leis an Urr. Iain Mac Ruairidh.

CAIBIDEAL XII.

GHABH Fear a' bhaile amhrus anns a' mhionaid gu 'm b' iad sid an triuir a cheangail mise, agus a thug uam mo chuid airgid, agus thuirt e ri fear an taigh-òsda gu 'm feumadh e am punnd Sasunnach ud a ghleidheadh gu cùramach, agus mar an ceudna gu 'm feumadh e beachd sònraichte a ghabhail air na daoine, a chum gu 'n aithnicheadh e rithist iad. Agus dh' innis e dha gu 'n do ghabh e fhein amhrus orra.

Thuirt fear an taigh-òsda ris gu 'n robh e cinnteach gu 'n aithnicheadh e iad ge b'e air bith àite anns am faiceadh e iad. Agus thuirt e gu 'm feumteadh sùil a chumail orra gus am faighteadh ughdarras o'n luchd-lagha gus an glacadh.

Am feadh 's a bha iad a' cur an comhairle ri 'cheile a thaobh ciod an dòigh a b' fhearr dhaibh a ghabhail, thainig an Dr. Morton thun an taighe- Dh' innis iad dha na chunnaic agus na chual' iad, agus gu 'n robh amhrus làidir aca gu 'm b' iad sid an nriuir a rinn an t-olc.

"Feumar sùil a chumail orra gu bog, balbh," ars' esan. "Co 'n taobh a ghabh iad an uair a dh' fhalbh iad?"

"Thug iad an aghaidh air an taobh as an d' thainig sibh fhein," arsa fear an taigh-òsda; "agus ma lean iad an rathad, bu choltach gu'n tachradh iad ribh ann am braighe 'ghlinne."

"Cha 'n fhaca 's cha d' fhairich mise duine air an rathad; ach is docha nach do lean iad an rathad idir. Ma smaoinich iad gu 'n do ghabhadh amhrus sam bith orra, faodar a bhith cinnteach nach e an taobh air an d' thug iad an aghaidh an uair a dh' fhalbh iad as a' so, an taobh air am bheil an aghaidh an dràsta. Creideadh sibhse mise, tha fiamh is eagal air luchd-deanamh an uilc eadhoin an uair a bhios fios aca nach bithear a' deanamh tòrachd orra. Is ann anabarrach olc a bhios daoine mur bi an cogais 'g an dìteadh. Cha 'n fhaod sinn ùine sam bith a chall gus an toirear a' chùis suas do 'n luchd-lagha."

Gun fhuireach na b' fhaide 'bruidhinn mu 'n chùis, mharcaich an Dr. Morton agus Fear a' bhaile gu math cabhagach gus an d' ràinig iad taigh an Fhiscal. Cha do labhair iad facal mu 'n chùis fad an rathaid air eagal gu 'n faodadh neach sam bith a bhiodh ann an sgairt-am-falach guth dhe na theireadh iad a chluinntinn.

An uair a rainig iad, dh' innis Fear a' bhaile gu soilleir, ordail do 'n Fhiscal mar a dh' fhalbh mise comhladh ris o'n taigh; mar a thug e orm àireamh nan notaichean a bh' agam a sgrìobhadh 'nam leabhar-pòcaid, agus ainm nam bancaichean do 'm buineadh iad; mar a dh' fhag e mi air cùram fir an taigh-òsda; mar a thachair dha an leabhar-pòcaid fhaotainn aig an amhainn; am beagan a thuig e de 'n chomhradh a bh' eadar an triuir a thachair a bhith anns an taigh-òsda as an d' fhalbh e air an fheasgar ud; agus mar a thug fear dhe 'n triuir not de na bh' anns an leabhar-phòcaid agamsa do fhear an taigh-òsda. Thug e dha mar nn ceudna mion-chunntais air coltas an

triuir dhaoine air an robh an t-amhrus aige. Sgriobh cléireach sios a h-uile facal dhe na thubhairt e.

Thug an Dr. Morton cunntais dha mar an ceudna air mar a fhuaradh ceangailte mi, agus mi ann an cunnart grad bhàis.

Thuir am Fiscal riutha gu 'n robh a h-uile coltas gu 'm faodadh iad amhrus làidir a ghabhail gu 'm b' iad sid an triuir a rinn an cron, agus gu 'n robh amhrus aige nach b'e sid a' cheud chron a rinn iad. "Tha gearain no dha air tighinn do m' ionnsuidh-sa mu dheidhinn dithis no triuir air am bheil droch amhrus, agus thug mi ordugh an diugh fhein do dhithis cho tapaidh agus cho gleusda 's is aithne dhomh de 'n luchd-glacaidh mheirleach, sùil am mach a bhith aca air

[TD 178]

[Vol. 12. No. 24. p. 3]

an son, agus tha mi ro thoilichte gu 'n d' fhuair mi fios uaibhse nach 'eil a' cheart triuir air am bheil amhrus agaibhse agus agamsa fad o laimh. A réir mar a tha mise tuigsinn a' ghnothaich, is ann aig àm nam maragaidhean a mhàin a tha iad aig an droch obair; agus tha so a' toirt tomhais de chothrom dhaibh air cumail á lamhan an lagha."

Bha Fear a' bhaile agus an doctair glé thoilichte gu 'n deachaidh aca air seirbhisich an lagha 'chur air tòir nam meirleach. An deigh dhaibh earrann mhath dhe 'n fheasgar a chur seachad comhladh ris an Fhiscal, agus biadh is deoch fhaotainn daibh fhein 's do 'n cuid each, mharcaich iad air falbh ann am beul anamoch na h-oidhche.

Bha aca ri pailt ochd mìle a dheanamh mu 'n ruigeadh iad taigh an doctair far an robh Fear a' bhaile gus an oidhche 'chur seachad. Bha 'n oidhche air thuar a bhith gu math soilleir, oir bha àirde gealaich ann. Bha aca ri dhol troimh bhad no dhà coille. An uair a bha iad a' falbh, thuir am Fiscal riutha: "Thugaibh an aire mhath dhuibh fhein; oir tha e air aithris gu 'm bheil robairean a' tachairt ri daoine anns a' choille mhòir."

O'n a bha fiamh gaire air an uair a thuir e so, cha do chuir iad suim sam bith anns na thubhairt e.

Ghabh iad air aghart cho cabhagach 's a b' urrainn daibh gus an d' rainig iad an dìreadh a bh' aig iomall na coille mòire. Leig iad na srianan mu ghuailllean nan each, agus iad a' coiseachd air an socair suas am bruthach. Bha iad a' comhradh gu cairdeil 's gun iad a' smaointean gu 'n robh cunnart sam bith faisge orra.

Mu 'n do thàrr iad sealltainn uca no uatha leum triuir dhaoine am mach as a' choille, agus neapaiginnean dubha, sìoda air an ceangal mu 'n aghaidhean. Chaidh fear dhiubh an sàs anns an doctair, agus chaidh an dithis eile an sàs ann am Fear a' bhaile, agus thoisich iad ri 'n draghadh air chasan bhar muin nan each.

An uair a bha 'n doctair 'na dhuin' òg, cha robh mòran anns an dùthaich a sheasadh ris ann an caonnaig; ach o'n a bha e air fàs ao da, agus air tromachadh ann am feoil, chaidh aig an fhear a chaidh an sàs ann air a thoirt bhar muin an eich, agus a chur fodha ann an dìg an rathaid. An uair a fhuair an doctair e-fhein mar so fo ghlùinean a' mheirlich, agus a dh' fhairich e e a' fàsgadh a sgòrnain, mar gu 'm biodh e toileach a thachdadh, thòisich e ri glaothaich àird a chlaiginn, agus ri eigheach "mort, mort." Cha robh e 'smaointean gu 'n robh neach sam bith 'g a éisdeachd a dheanadh cobhair air, agus bha e 'tuigsinn gu 'n robh làn a chridhe aig Fear a' bhaile ri dheanamh e fhein a dhion o'n dithis fhear làidir a bha 'n sàs ann.

Bha Fear a' bhaile 'na dhuine làidir, calama gu nàdarra, ged nach robh e àrd o thalamh, agus cha bhiodh e ro dhoirbh dha e-fhein a theanacsa o na fir a bha 'feuchainn ri greim a dheanamh air mur b' e nach robh toil aige an doctair fhàgail ann an lamhan nam meirleach. Bheireadh e buille thall 's a' bhos dhe 'n chuip do 'n na fir a bha 'n sàs ann, agus an uair a leigeadh iad as e, cha bhiodh e idir doirbh dha an t-each glas a chur 'na chruaidh dheann, agus am fàgail an sid.

Bha fìor thoil aige na neapaignean a thoirt bhar an aghaidhean; oir ghabh e amhrus gu 'm b' iad a' cheart triuir a chunnaic e anns an taigh-òsda; ach ged a bha iad a' breith air chasan air gus a leagadh bhar muin an eich, bha iad a' cumail an cinn cho fada uaithe 's nach fhaigheadh e greim orra. Smaoinich e uair is uair feuchainn ri 'n leagadh fo chasan an eich; ach cha robh toil aige gu 'm biodh bàs a h-aon diubh air a lamhan.

Ach an uair a chual' e an doctair ag éigheach mort, thuirt e ris fhein nach robh e ceart dha fathamas sam bith a thoirt dhaibh. An sin fhuair e cothrom air buille mhath a thoirt do fhear dhiubh anns a' cheann le cas na cuipe a chuir meatachadh mòr ann. Thug e ionnsuidh air buille 'thoirt do 'n fhear eile, ach dh' fhairlich air.

Anns an àm thuig e gu 'n robh an doctair ann an droch staid, agus ged a bha toil aige tighinn air làr gus a theanacsa, bha eagal air gu 'm faigheadh an triuir lamh an uachdar orra le cheile agus gu 'n tugadh iad dhiubh am beatha. Mu dheireadh leum e air làr, agus thug e buille do 'n fhear a bh' air muin an doctair a chuir o fheum e.

Ann an tiotadh bha 'n dithis eile an sàs ann; ach làidir, calama 's mar a bha iad, chaidh aige air a chasan a sheasamh gus an d' éirich an doctair á dìg an rathaid.

Cha robh ach gann de lùths anns an doctair na sheasadh air a chasan; ach thug an cunnart anns an robh e 'g a fhaicinn fhein agus a charaid, rudeigin de beothachadh agus de bhrosnacaadh dha. Anns an éirigh dha thuirt e ri Fear a bhaile: "Cum greim orra, ma 's urrainn dut, gus am faigh mise an sgian a chur annta."

Gus a' so cha duirt fear seach fear dhiubh aon fhacal; ach thuirt fear, dhiubh: "Ma tha sgian agadsa tha sgeinean againne mar an ceudna, agus dh' fhaodamaid, nan do thogair sinn, bhur beatha 'thoirt dhibhse le chéile fada roimhe so."

Leis a h-uile strì agus ùpraid a bha orra taobh air thaobh cha d' thug iad an aire gu 'n robh triuir dhaoine 'tighinn gu cabhagach far an robh iad. B'e am fear a bha strì ris an doctair, agus e gun chomas éirigh as an àite anns an robh e 'na shìneadh an déigh na buille 'thug Fear a' bhaile dha, a thug an aire dhaibh a tighinn. "Tha 'n tòir oirbh; thugaibh bhur casan as." ars' esan. Ged a bha e fhein gun chomas teicheadh, cha bu toil leis gu 'n rachadh a chompanaich a ghlacadh.

An uair a chual' iad so ghrad leig iad as an greim a bh' aca air Fear a' bhaile, agus leum iad a steach do 'n choille cho luath 's a leigeadh an casan leotha. A steach a ghabh an triuir a thainig as an deigh, ach ann am beagan ùine chaill iad sealladh orra, agus an uair a chunnaic iad nach robh feum dhaibh leantuinn air an tòir na b' fhaide, thill iad far an robh na fir a dh' fhàg iad air an rathad mhòr.

Bha Fear a' bhaile agus an doctair 'nan seasamh a' cumail sùil air an fhear a bha 'na shìneadh, agus e gu cràidhteach, tùrsach, trom-inntinneach a' feitheamh gus an tigeadh seirbhisich an lagha a dheanamh greim air. Bha 'n neapaiginn dubh sìoda a bha m'a shùilean air a shracadh dheth le Fear a' bhaile; agus le solus na gealaich, a bha aig an àm a' dealradh gu soilleir air a' bhad dhe'n rathad air an robh iad, dh' aithnich e gu 'm b'e fear dhe 'n triuir a chunnaic e aig an taigh-òsda, agus a thug seachad fear dhe na puinnnd Shasunnach a bh' agamsa 'nan leabhar-pòcaid. Co bh' ann, ma ta, ach mo sheana chompanach, a gheall mo threòrachadh gu sàbhailte gu ruige Struidhleidh, ach a chuir lion mo mhillidh mu m' chasan mu 'n d' dhealaich e rium.

(Ri leantuinn.)

Cionnas & Labhras Tu?

"Oir is ann le d' fhoclaibh a shaorar thu, agus is ann le d' fhoclaibh a dhìtear thu."—Mata xii. 37.

Is gann gu 'm bheil earrann eile de dh' fhacal an Tighearna a's mò agus a's trice bu chòir a bhith air ar n-inntinn na 'n earrann so. Cha 'n 'eil rud sam bith, ma dh' fhaoidteadh, dhe 'm bheil daoine 'gabhail cho beag de shuim agus de chùram ris na briathran a tha iad a labhairt a h-uile latha. Tha iad a' dol air aghart le 'n obair gach latha, agus is gann gu 'n teid dùnadh air am beòil ach a' bruidhinn air nithean faoine, agus amaideach, agus olc. A réir choltais tha iad a' smaointean gur coma dhaibh ciod a labhras iad ma ni iad an rud a tha ceart.

Ach an ann mar so a tha 'chùis? Am bheil ar briathran cho beag brìgh

agus cho neo-chudthromach ann an sealladh Dhé? Cha dàna leinn a ràdh gu 'm bheil, an uair a bheir sinn fa near na briathran so a labhair an Tighearn' Iosa. Tha ar briathran 'nan dearbhadh air staid ar cridheachan a' cheart cho cinnteach 's a tha blas an uisge 'na dhearbhadh air staid an tobair as an d' thainig e: "oir is ann á pailteas a' chridhe a labhras am beul." Cha 'n 'eil na bilean a' labhairt ach na smaointean a tha 'g éirigh anns an inntinn.

Air latha mòr a' bhreitheanais theid rannsachadh a dheanamh mu dheidhinn ar briathran, agus bheir sinn cunntas seachad mu 'n deidhinn mar a bheir sinn mu dheidhinn ar gnìomharan. Bu chòir dhuinn da rìreadh so a thoirt fa near le cùram. Dh' fhoghnadh an earrann so 'na h-ònar gus a dhearbhadh oirnn gu 'm bheil sinn uile ciontach an fianuis Dhé, agus gu 'm bheil feum againn air fireantachd a 's fhearr na ar fìreantachd fhìn, eadhoin fìreantachd Chrìosd.

Biomaid iriosal an uair a leughas sinn na briathran so, agus a chuimhnicheas sinn air an àm a dh' fhalbh. Nach bu tric a labhair sinn briathran a bha faoin, amaideach, diomhain, olc, peacach, truailidh! Nach iomadh facal a ghnàthaich sinn, a dh' fhalbh fada 's farsuinn, mar a bheir a' ghaoth air falbh fras-sgiathach a' chluarain, agus a chuir olc a mhaireas gu bràth, ann an cridheachan dhaoin' eile! Nach tric a bha ar còmhradh ri ar càirdean olc, truailidh, agus mi-naomh. Mar a thuirt diadhair àraidh, "Faodaidh briathran truailidh, eucorach, fanaideach greim daingean a ghabhail air inntinnean na muinntir a chluinneas iad an déigh do 'n teangaidh a labhair iad a bhith crìonadh anns an ùir." "Tha bàs agus beatha," arsa Solamh, "ann an cumhachd na teanga."

Thugamaid an aire, am feadh 's a tha sinn a' gabhail beachd air na briathran so, gu 'n cuir sinn romhainn nach bi ar còmhradh anns an àm ri teachd cho faoin agus cho olc 's a bha e 'san àm a dh' fhalbh. Cuireamaid romhainn, tre ghràs Dhé, gu 'm bi sinn na 's faicliche air ar teangaidh na bha sinn riamh roimhe; agus biomaid ag ùrnuigh gach latha gu 'm bi ar "còmhradh a ghnàth ann an gràs." Abramaid a h-uile madainn, mar a thuirt Daibhidh naomh: "Bheir mi 'n aire do m' shlighibh, nach peacaich mi le m' theangaidh; gleidhidh mi srian air mo bheul." Glaodhamaid ris an Aon a tha làidir air son neirt, agus abramaid: "Cuir, a Thighearna, faire air mo bheul; gléidh dorus mo bhilean." Is math a dh' fhaodadh an t-abstol Seumas a radh: "Oir ann am mòran nithean tha sinn uile ciontach. Mur 'eil duine ciontach ann an facal, is duine iomlan an duine sin."

D.

EARBSA ANN AM FREASDAL AN TIGHEARNA.—Bha duine diadhaidh ann a bha a' creidsinn gu'n robh gach nì bha 'tachairt ris chum a mhaith, agus bha a choimhearsnaich gu tric ri magadh no fanaid air. Bha soitheach a' dol a dh-America le daoine, agus bha'n duine so a' falbh cuideachd, ach dìreach 'nuair bha e 'dol air bord thuit e agus bhrrit e 'chas agus b' éiginn tilleadh dhachaidh. "A' bheil sud airson do mhaith?" ars' aon gun toinisd de na coimhearsnaich. "Cha'n

eil teagamh nach 'eil," ars' esan, "ged nach urrainn duinn air an àm fhaicinn ciamar." Chailleadh an long agus gach duine bh' air bord, agus 'am measg chàich an duine gun iochd a chuir a' cheist sgeigeil ris an duine mhath so.

[TD 188]

[Vol. 12. No. 24. p. 4]

RUAIRIDH A' CHNUIC.

LE IAIN MAC CORMAIG.

THEIREADH daoine gu 'm b' amadan Ruairidh a' Chnuic; ach mar thuirt Niall Ruadh, "Ma's amadan Ruairidh 's iomadh amadan a tha 'san dùthaich." O chionn ùine mhoir bha Ruairidh a fuireach ann am bothaig bhig taobh an rathaid mhoir, faisg air Iain a' Chnuic 'san eilean Mhuileach. Bha e 'na fhasan aig Ruairidh a bhi bruidhinn ris fhéin; agus mu'n tigeadh tu mar cheud slat do'n dorus, chluinneadh tu cath còmhraidh a cheart cho dian 's ged a bhitheadh a' bhothag làn bho oisinn gu oisinn, mar bu ghlé thric a bhitheadh i, gu seachd sònruichte 'sa gheamhradh. Agus eadhon 'nuair bhiodh e 'falbh an rathad mor cha robh cath air am biodh iomradh bho latha Ionar-lòchaidh gu blàr Chùlodair air nach rachadh e thairis a cheart cho mionaideach 's ged a bhiodh tu 'ga leughadh ann an Eachdraidh na h-Alba; oir ged nach robh moran sgoil aig Ruairidh no aige, mu 'n dubhairt Seònaid nan seiceachan mu Eòghan a mac, "na thug roimh 'n t-saoghal e," ged nach deach e riamh na b' fhaide o'n taigh na dol a dh' iarraidh cliabh mòine, mar a thachair do Ruairidh fhein.

Bha e 'na chleachdadh aig Ruairidh dol gach latha posta do 'n t-Sàilein, agus cha robh aon litir a bhuineadh do 'n Chnoc nach toireadh e dhachaidh a cheart cho sàbhailte ri aon phost an Lunnainn, ged nach robh de dhuais aige ach beagan de bhuntàta pòir 's an earrach. Bu tric a rachadh na balaich a dh'fharchluais air Ruairidh, 'nuair a bhitheadh e tilleadh leis na litrichean, oir cha bhiodh té dhiubh air nach toireadh e a bheachd fhéin 's e 'gan toirt á dara pòca a' chòta mhoir do 'n phòc' eile. Theireadh esan, 's e tighinn air a shocair fhein: "So paipeir le Dùghall Mor; 's iomadh braoisg a chuireas e air féin mu'n leugh e air fad e. So litir le Domhnull Figheadair, bho Ailein a mhac. So té le Dùghall Cìobair bho 'n mharsanta mhor ann an Dunéideann. 'S iomadh té dhiubh fhuair e nis, agus 's iomadh ràn a bheir e ri Topsy mu 'm pàigh e na h-ochd puinnnd Shasunnach a chuir Anna a nighean a dh' fhiachan air, air son na ti a dh' òl i fhéin agus cailleadh na fiosachd. A bhaoirisg bhochd! Cha d' fhuair i fhathast an saor Gallda an déigh na h-uile rud. Sguiridh i 'nis a chosg a' chleòca shìoda a dhol a thogail na mòine." Mar so bheireadh Ruairidh beachd air gach litir no paipeir a bhiodh aige, oir bha e mion-eòlach air gach fear agus bean 'sa choimhearsnach. Cha robh e idir cho maol 'sa shaoileadh càch. Bha e daonnan mar a bha 'n t-each bàn an dorus an t-sabhail, "a' feitheamh 's ag éisdeachd," agus mar sin bha fhios aig' air barrachd 's a shaoileadh tu.

Latha de na làithean a bha Ruairidh a tilleadh as an t-Sàilein le' chualach litrichean, co bha ceum roimhe ach Eòghan mor agus Seumas bàn mac Phara nan stòp, mar theireadh iad ris. Bha na gillean ann an teas connsachadh air son reuson gle fhaoin: An dara fear ag ràdh gu 'n robh sùil ghloine 's an tuathanach Ghallda, 's am fear eile 'g ràdh nach robh. Tha e glé choltach gu 'n robh na seòid ag òl air an rathad, agus a chionn 's gu 'n deachaidh barrachd de 'n deoch-làidir 'nan ceann 's a chaidh 'nam broinn thàinig an cònsachadh gu buillean agus shabaidich iad gus an d' fhàg iad a chéile coltach ri dà chirc a bhiodh air an spìonadh. Fhuair Sheumas bàn a' chuid bu mhiosa dheth, agus air son dìoladh chuir e am <eng>policeman<gai> ruadh an caramh Eoghain mhòir. Cha robh fianuis ann ach Ruairidh, agus ged a bha e ro dhuilich leis dol a dhìteadh a choimhearsnaich b' fheudar falbh gu mòd an t-Siorram a bha r'a cumail ann an Tobar-Mhoire, le bhoineid mhòir ghuirm, 's le chòta fada cùrainn a bha ruigheachd a shàiltean, agus còmhla ris gach ioghnadh eile a bha toirt air na balaich a bhi 'ga leantuinn a h-uile ceum a bheireadh e, bha e cas-rùisgte. Cha do chleachd Ruairidh riamh brògan; agus 's ann a bheireadh e teine às na clachan le òrdagan mòra. Cha 'n 'eil teagamh co-dhiu nach robh e gu math cruadalach. Mu'n d' thuirt Eoghan saor e, bha na gàgan a bha 'n cùl a chas coltach ri deadhadh a chitheadh tu ann am bonnach coirce. Ach coma leat na co dhiu shuidh a' chuir agus ghlaodhadh suas air Ruairidh gu bhi air a cheasnachadh. "Nach 'eil thu fuireach anns a' Chnoc?" arsa 'n Siorram. "Cha 'n 'eil! cha 'n 'eil!" arsa Ruairidh "mise fuireadh ann an cnoc 'sam bith. Cha chualas riamh bhi fuireach ann an cnuc ach sithichean." Ghàir na bha staigh 'n uair chual iad freagairt Ruairidh oir thuig iad nach robh idir toil aige a chàirdean a dhìteadh. "An cluinn thu Ruairidh," arsa an Siorram a rithist, "nach 'eil e 'na chleachdadh agadsa 'bhi ruith le litrichean eadar an Cnoc 's an Sàilein?" "A' ruith," arsa Ruairidh, 's e gabhail air nach robh e tuigsinn brìgh cainnt an t-Siorraim "cha 'n 'eil, cha 'n 'eil; 's fhada bho 'n a dh' fhalbh ruith Ruairidh. Cha d' rinn mise ceum ruith bho shia bliadhna 'n fhoghair so chaidh agus tha duileam nach deanainn an sin fhein i mur a cuireadh tarbh a Chòirneil bhàin caismeachd orm." "An cluinn thu Ruairidh," arsa 'n Siorram 's gun e idir toilichte nach b' urrainn dha dad a tharuinn á Ruairidh cho amaideach coltas 's gu'n robh e, "nach 'eil e 'na chleachdadh agad a bhi 'giùlan litrichean eadar an Cnoc 's an Sàilein?" "Glé ainneamh," arsa Ruairidh, glé ainneamh, le 'r cead." "Shaoł mi" ars' an Siorram "gu'n robh e 'na chleachdadh agadsa daonnan a bhi coinneachadh a' phosta 's an t-Sàilein 's a' toirt leat dhachaidh a h-uile litir a bhuineadh do 'n Chnoc." Tha dìreach daonnan" arsa Ruairidh 's e fàs teth. "Agus," arsa 'n Siorram "nach d' thuirt thu rium an ceart uair nach b' àbhaist dhuit idir a bhi 'giùlan litrichean eadar a Sàilein 's an Cnoc?" "Ma ta le 'r cead" arsa Ruairidh, cha 'n 'eil beachd sam bith agam gu 'n d' thuirt." Ghàir na bha stigh 'n uair a chual iad so agus ma ghàir dh' éisd Ruairidh. Chunnaic an Siorram nach robh feum 'sam bith a bhi bruithinn agus dh' iarr e air Ruairidh suidhe.

Thionndaidh Ruairidh gu falbh ach mu 'n do bhuithinn e'n àite suidhe chaidh glaodhaich air ais air. Thill Ruairidh agus sheas e far an

robh e roimhe, 'cheart cho dìreach ri caragh. "Am bheil cuimhn' agad idir, a Ruaraidh," arsa 'n Siorram, "gu 'n d' fharraid mi dhiot an toiseach am biodh tu 'giùlan litrichean eadar an Sàilein 'san Cnoc?" "Ma ta, le 'r cead," arsa Ruaraidh, "cha'n 'eil cuimhne 'sam bith agam, ach dh' fharraid sibh dhìom am bithinn ga 'n giùlan eadar an Cnoc 's an Sàilein, an rud nach bi ach glé ainneamh, mar a thuirt mi mar tha." Ma bha gàireachdaich roimhe ann bha gàireachdaich a nis ann. Bha barrachd char ann an Ruaraidh 's a' shaoileadh duin' air bith, agus 's ioma car agus lùb a chuir e air cainnt an t-siorram air son gun dad fhaotainn a mach. Chaidh iarraidh air Ruaraidh suidhe a rìs, oir chunnacas nach robh feum 'sam bith a bhi bruithinn ris; ach dh' fharraid an Siorram dheth an robh fios aige gu de 'thug an sud e. "Tha gle mhath," arsa Rurraidh, "dìreach a chionn 's nach robh ach an aon t-sùil anns an tuathanach Ghallda," agus chuir sin crìoch air ceasnachadh Ruaraidh.—Leabhar na Ceilidh.

Robinson Crusoe.

CAIBIDEAL XXI.

MU dheireadh a' mhios meadhanaich dhe 'n t-samhradh bha na diasan arbhair abaich, agus mar a dh' fhaodas sibh a bhith cinnteach, ghabh mi curam dhiubh. Chuir mi a h-uile grainean a bh' orra air leith ann an aite gleidhteach gus an cur a rithist, agus mi ann an dochas gu 'm biodh de bharr agam ri uine na chumadh aran rium. Ach chaidh ceithir bliadhna seachad mu 'm b' urrainn domh a' bheag dheth itheadh, mar a leigeas mi ris ann an ordugh 'na dheigh so. O nach robh fhios agam air an am cheart anns am bu choir dhomh cuireachd a dheanamh chaidh a' cheud chuireachd a rinn mi gu mor 'nam aghaidh. Chuir mi an siol aig toiseach am tioram na bliadhna agus is e fìor bheagan a dh' fhas dheth.

A bharrachd air an eorna, bha mu fhichead, no deich air fhichead gas rais agam air an gleidheadh gu curamach, a chum, ri uine gu 'm faighinn biadh a dheanamh dheth; oir fhuair mi doigh air a dheasachadh gun aran a dheanamh dheth idir. Ach feumaidh mi tilleadh ri mo chunntais latha. Dh' oibrich mi anabarrach trang fad trì no ceithir de mhiosan a' deanam a' bhalla mu 'n d' fhuair mi crìoch a chur air. Air a' cheathramh latha deug de dh' April chuir mi crìoch air. Agus bha mi 'dol am mach 's a' tighinn a steach air, cha b' ann troimh dorus air, ach le faradh, a chum nach fhaicteadh air an taobh am muigh dheth comharradh sam bith gu 'n robh mi fuireach ann.

April 16—Chuir mi crìoch air an fharadh, agus an uair a dhirich mi gu barr a' bhalla thog mi am faradh agus thainig mi air lar an taobh a' staigh dhe 'n bhalla. Bha mi mar so air mo chuartachadh le balladion far an robh farsuinneachd gu leor agam, agus cha 'n fhaigheadh creutair sam bith nam choir na 's lugha na thigeadh e thairis air barr a' bhalla.

Air a' cheart latha 'n deigh dhomh crìoch a chur air a' bhalla, cha mhor nach deachaidh mo shaothair gu leir a mhilleadh ann an tiotadh, agus cha mhor nach do chaill mi-fhin mo bheatha; agus so mar a bha:

Bha mi 'g obair gu trang eadar cul an tent agus dorus na h-uamha, agus thachair rud a chuir clisgeadh agus eagal uamhasach orm. Ann an tiotadh chunnaic mi an talamh a' tuiteam a nuas o mhullach na h-uamha agus o bharr na creige a bha as mo chionn, agus bhristeadh a dha dhe na postachan a bha 'cumail suas mullach na h-uamha. Ghabh mi eagal mor, agus cha do smaoinich mi air ciod a b' aobhar do na thachair, ach gu 'n do bhuaile e anns an inntinn agam gu 'n robh mullach na h-uamha a' tuiteam na broinn mar a thachair roimhe. Agus air eagal gu 'm bithinn air mo thiodhlacadh beo, ruith mi thun an fharaidh, agus chaidh mi thairis air a bhalla, oir bha eagal orm gu 'm faodadh rud dhe 'n chreig 's dhe 'n bheinn tuiteam air mo mhuin. Cha bu luaithe chaidh mi thairis air a' bhalla na chunnaic mi gu soilleir gur e crith-thalmhainn eagallach a bh' ann. Chaidh an talamh air an robh mi 'nam sheasamh air chrith tri uairean ann an ochd mionaidean a dh' uine, agus bha na crithean so cho mor 's gu 'n leagadh iad taigh cho math 's cho laidir 's a b' urrainn a bhith air a thogail. Agus thuit sgealb mhor de chreig a bha mu leith mhile uam, agus a bha faisge air a' chladach, le leithid de dh' fhuaim 's nach cuala mi

[TD 189]

[Vol. 12. No. 24. p. 5]

a leithid riamh 'nam bheatha. Thug mi an aire mar an ceudna gu 'n robh an cuan fhein mar gu 'm biodh e air chrith. Agus tha mi 'creidsinn gu 'n robh a' chrith-thalmhainn na bu mho fo 'n uisge na bha i air an eilean.

O nach d' fhairich mi a leithid riamh roimhe, agus o nach robh comhradh agam ri duine a chunnaic a leithid, chuir an gnothach a bh' ann a leithid de dh' uamhas orm 's gur ann a bha mi coltach ri duine a bhiodh marbh, no an deigh a mhothachadh a chall. Chuir a' chrith a bh' air an talamh an stamac agam mar gu 'm bithinn air mo thonn-luasgadh aig muir. Ach chuir am fuaim a rinn a' chreag an uair a thuit i gluasad fodham air chor 's gu 'n d' thainig mi 'g am ionnsuidh fhin. Agus ghabh mi uamhas an uair a smaoinich mi gu 'm faodadh a' chreag a bha dluth dhomh tuiteam air m' ionad-comhnuidh agus a h-uile rud a bhuineadh dhomh ris an t-saoghal a thiodhlacadh; agus thug so air mo chridhe tuiteam 'nam chom an dara uair.

Greis mhath an deigh do 'n treas crith a dhol seachad, thoisich mi ri gabhail rudeiginn de mhisnich; ach air a shon sin cha bu dana leam a dhol a steach thar a' bhalla air eagal gu 'm bithinn air mo thiodhlacadh beo, agus mar sin shuidh mi air talamh, agus mi gle bhronach, throm-inntinneach agus gun fhios agam ciod bu choir dhomh a dheanamh.

Fad na h uine so cha robh an smaointean bu lugha mu dheidhinn diadhachd ag eirigh 'nam chridhe, ach thuirt mi mar a tha cumanta am measg dhaoine. "A Thighearna, dean trocair orm" agus an uair a chaidh an cunnairt a sealladh, chaidh an smaointean so as m' aire mar an ceudna.

Am feadh 's a bha mi 'nam shuidhe mar so, dh' fhas na speuran dubh mar gu 'm biodh an t-uisge 'dol a shileadh. Beagan 'na dheigh sid thoisich a' ghaoth ri eirigh beag air bheag, agus ann an ceann leith uaire bha 'n stoirm dhearg ann. Bha gair agus cop geal air aghaidh na mara, bha 'n tonn 'na cuis-uamhais a' bristeadh air a' chladach, agus bha na craobhan air an spionadh as an freumhan. Lean so fad thri uairean an uaireadair, agus an sin thoisich an stoirm ri dhol na bu lugha; agus an ceann da uair an uaireadair bha 'ghaoth air fas cho ciuin 's gur gann a dheanainn am mach co 'n taobh as an robh am beagan a bh' ann a' seideadh, agus an sin shil an t-uisge mor.

Fad na h-uine so bha mi 'nam shuidhe air an talamh agus mi fo eagal agus fo throm-inntinn gle mhor. Ann an tiotadh bhuaile anns a' cheann agam gur ann air saillibh na crith-thalmhainn a thainig an stoirm agus an t-uisge mor, agus mar sin gu 'n deachaidh a' chrith-thalmhainn seachad, agus gu 'm faodainn misneach a ghabhail, agus a dhol a rithist a steach do 'n uamhaidh. Thug an smaointean so an tuilleadh misnich dhomh agus chaidh mi steach agus shuidh mi anns an tent; agus o 'n a bha 'n t-uisge cho trom 's gu 'n robh eagal orm gu 'n leagadh e an tent mu m' cheann, b' eiginn domh a dhol do 'n uamhaidh, ged a bha mi air mo chlisgeadh gu 'n tuiteadh i mu m' cheann.

Thug an t-uisge trom so tuilleadh obrach dhomh, agus b' e sin claise dhomhain a ghearradh am mach o bheul na h uamha agus fo 'n bhalla gus an t-uisge a leigeadh air falbh, ar neo bhiodh an uamha air a lionadh leis.

An deigh dhomh a bhith greis anns an uamhaidh agus gun choltas gu 'n tigeadh a' chrith-thalmhainn tuilleadh an lath' ud co dhiubh, dh' fhas m' inntinn na bu shocraiche. Agus a nis, a chum mo spiorad a chumail suas, agus gu cinnteach bha feum mor agam air, chaidh mi do 'n t-seomar stodhair, agus ghabh mi deur beag dhe 'n ruma a bh' agam. Is e fior bheagan a bha mi 'gabhail dheth uair sam bith a bhlaisinn air, oir bha fhios agam nach robh an corr agam ri fhaighinn dheth aon uair 's gu'n teirigeadh e dhomh.

Lean an t-uisge air sileadh fad na h-oidhche, agus fad earrann mhath dhe 'n ath latha, agus uime sin cha b' urrainn domh a dhol am mach air dorus. Agus o 'n a bha m' inntinn na b' fhoiseile, thoisich mi ri smaointean air ciod a b' fhearr dhomh a dheanamh. B' e an co-dhunadh thun an d' thainig mi, ma bha 'n t-eilean buailteach do chritheannan-thalmhainn, nach b' urrainn domh a bhith beo ann an uamhaidh, ach gu 'm b' fhearr dhomh bothan beag a thogail dhomh fhin ann an aite comhnard, agus balla math, ard, laidir a thogail timchioll air mar a rinn mi far an robh mi gus mi-fhin a ghleidheadh tearuinte o chreutair fiadhaich agus o dhaoine. Bha mi 'g am dheanamh fhin cinnteach gu leor gu 'm bithinn lath' eiginn air mo thiodhlacadh beo nam fanainn far an robh mi.

O 'n a fhuair na smaointeanan so greim air an inntinn agam, chuir mi romham gu 'n atharraichinn mo thent as an aite anns an robh e. Bha e, mar a dh' ainmich mi mar tha, fo bhearradh ard, cas na creige a

bh' ann an aghaidh crith-thalmhainn mhor eile, bha mi 'gam dheanamh fhin cinnteach gu 'n tuiteadh a' chreag air an tent. Chuir mi seachad an ath dha latha, an 19mh agus am 20mh latha de dh' April a' smaointean c'aite agus cia mar a dh' atharraichinn m' aite-comhnuidh.

Bha leithid de dh' eagal orm gu 'm bithinn air mo thiodhlacodh beo 's nach leigeadh an t-eagal dhomh cadal gu samhach mar a b'abhaist dhomh; agus an deigh so gu leir cha bu dana leam cadal an taobh am muigh dhe 'n challaid. Agus a bharrachd air so, an uair a sheallainn mu'n cuairt orm agus a chithinn a h-uile rud ann an ordugh cho math, agus a bheirinn fa near cho falachaidh 's a bha 'n t-aite anns an robh mi, agus cho saor 's a bha mi o chunnart, thug e orm a bhith gle aindeonach mu fhalbh as.

Aig a' cheart am smaoinich mi gu 'n tugadh so uine anabarrach mor dhìom mu 'n rachadh agam air crìoch a chur air, agus gu 'm feumainn a bhith riarichte le fuireach fo 'n chunnart anns an robh mi, gus an deanainn campa math tearuinte dhomh fhin do 'n tugainn a h-uile rud a bh' agam. An deigh dhomh na ruintean so a shuidheachadh, bha m' inntinn car uine aig fois, agus chuir mi romham gu 'n toisichinn gun dail ri obair, agus gu 'n togainn balla le puist agus le cablachan mar a rinn mi roimhe, agus gu 'n cuirinn an tent ann an uair a bhiodh e crìochnaichte. Ach bha mi gus a ghabhail de mhisnich na dh' fhanadh far an robh mi gus am biodh an t-aite deas gus mi dhol ann. B' e so an 21mh latha de dh' April.

(Ri leantuinn).

An Samhradh.

LE UILLEAM ROS.

O! mosglamaid gu suilbhear, ait,
Le sunntachd ghasd', a's eireamaid,
Tha mhadainn-sa le furan caomh
Toirt cuireadh faoilteach, éibhinn, duinn;
Cuireamaid fàilt air an lò,
Le cruitean cèolmhor, teud-bhinneach,
'S biodh ar cridhe deachdadh fuinn
'S ar beoil a seinn le speirid dha.

Nach cluinn thu bith-fhuaim suthain, sèamh,
'S a bhruthainn sgeamhail, bhlà-dhealtrach,
'S beannachdan a nuas o neamh
A dortadh fial gu làr aca:
Tha nadur a caochladh tuar
Le caomh-cruth, cuannda pairt-dhathach,
'S an cruinne iomlan, mu'n iath grian,
A tarruinn fiamhan gràsail air!

Nach cluinn thu còisir stolda, suairc',
'S an doir' ud shuas le'n òranan.

Seinn cliù dha'n Cruthadair fein,
Le laoidhean ceutach, solasach,
Air chorraibh an sgiath gun tamh
Air mheangain ard nan rò-chrannaibh,
Le'n ceileirean toirt moladh binn,
Dha'n Tì dh'ath-phill am beotachd riu.

Gu'm b'fhearr na bhi'n cadal an tamh,
Air leabaidh stàta chloimh-itich,
Eiridh moch sa mhadainn Mhàigh,
Gu falbh na fàsach fheoirneinich,
Ruaig a thoirt air bharr na driùchd,
Do dhoire dlù nan smeòraichean,
Am bi tùis is curaidh na fion,
Le fàile ciatach ròsannan.

Tha feartan toirbheartach, neo-ghann,
'S an am so gun ghreann dublachach,
Cuir trusgan trom-dhait' air gach raon,
Le dealt, 's le braon ga'n ùrachadh
Tha Flora comhdachadh gach cluain,
Gach glaic, a's bruach le flùraichean,
S bi'dh neòinean, ròsan, 's lili bàn,
Fo'n dithean aluinn, chùl-mhaiseach.

Tha Phæbus fein, le lòchrann aigh,
Ag òradh àrd nam beanntaichean,
'S a' taomadh nuas a ghathan tlà,
Cuir dreach air blàth nan gleanntanan;
Gach innseag 's gach coirean fraoich
Ag tarruinn faoilt na Bealltainn air;
Gach fireach, gach tulach, 's gach tom
Le foirm cuir fuinn an t-samhraidh orr'

Tha caoin, a's ciùin, air muir is tìr,
Air machair mhìn's air garbh-shleibtean,
Tha cuirnean driùchd na thùir air làr,
Ri aird's ri àin na geala-ghreine:
Bidh coill', is pòr, is fraoch, is fèur,
Gach iasg, gach eun, 's na h-ainmhidhean
Ri teachd gu'n gnàsalachd 's gu nòs,
Na'n gné, 's na'n doigh, san aimsir so.

Chaidh tigh is sobhal a losgadh ann am Berwick, N. S. oidhche Di-
màrt s'a chaidh, 's bha bean-an-taighe air a losgadh gu bàs anns an
tigh. Bha i mu thri fichead bhliadhna dh' aois. Bha i air fear
Uilliam Robinson a phòsadh an uiridh; bha i na bantraich roimhe sin
's teaghlach aice. Cha robh cuid de 'n chloinn bu shine a còrdadh ri
Robinson, agus tha amhrus aig daoine gu robh e coireach ri ise chur
gu bàs. Chaidh a dhearbhadh aig cùirt a choroner gu robh a bhean air
a murt mu 'n deachaidh an tigh a chur na theine. Tha Robinson 'sa
phrìosan ged nach d' fhuair e fhathast dearbhadh sam bith gu 'm
b'e a rinn an gnìomh.

IOMRADH EACHDRAIDHEIL AIR GRIADACH CHOCHRAN.

AN uair a thug ain-tighearnas agus dall cead Rìgh Seumas mu dheireadh air iochdarain dol fo 'n armachd na aghaidh, b'è Sir Iain Cochran, (o'n d' thainig Iarla Dhundòmhnall) aon de na naimhdean bu diaine a bh' aige. Bha lamh shònraicht' aige ann an ceannairc Iarla Iar-ghael. Bha binn sgriosail fad linntean a nochdadh a bhi 'n crochadh thar tigh a Chaimbeulaich, a filleadh a steach an truaighe co-ionnan gach aon a dh' éirich air taobh an ceann-cinnidh. Chuairtich a bhinn cheudna Sir Iain Cochran. Dh' iath armailt an rìgh mu thimchioll, ach bu treun, fearail, marbhteach agus fada lean e air cur nan aghaidh, gus 'n do bhrùchd àireamh lionmhor air mu dheireadh is ghlacadh na phrìosanach e. Chaidh a thoirt gu deuchain, 's chaidh a dhiteadh gu bàs dith-cheannadh. Cha robh aig' ach beagan làithean gu bhi beò, 's cha robh aig fear-coimhead a phrìosan ach feitheamh gus an tigeadh a bharantas-bàis o'n rìgh 'sa thoirt a mach an sin gu ionad bàis. Chaidh a theaghlach 's a chairdean do'n phrìosan gus fhaicinn, agus ghabh iad an cead deireannach ach aindeoinach agus cràiteach da chéile. Ach

[TD 190]

[Vol. 12. No. 24. p. 6]

bha aon nach d' thainig maille ri càch a dh' iarraidh a bheannachd,— aon a bi uair a shùl 'sa thighe-eadhon Griadach a nighean ionmhuinn.

Bha rath dorch' a' cur sgàil bu ghruamaiche thar stapuill iarruinn uinneagan a sheòmair prìosain; bha e tursach nach o d' fhuair e sealladh mu dheireadh da leanabh gaoil; bha 'cheann ga theannadh ri balla fuar tungaidh a phrìosan 'toirt fionnarachd do 'n aintean fhiabhrusach a bha a dol troimhe mar ghathan-teine, 'n uair bha dorus a phrìosan air fhosgladh gu mall air a lùdagan raga agus a thainig 'fhear-gleidhidh a steach agus maighdean og, uasal, mhaiseach 'na dhéigh. Bha i àrd agus flathail 'na pearsa; a sùilean dubha aoidheil, neo-dheurach, ach nochdadh an dearsa gu'n robh bron aice-bron a bha ro dhomhain ra shiabadh air falbh—agus ciabhan dubha a cinn air an sgaoileadh thar mala aoidheil, shoilleir agus fhiorghlan mar mharmor liobhte. An uair a chaidh iad a steach thog am prìosanach mi-shona suas a cheann. "O mo nighean! mo Ghriadach fein!" ghlaodh e mach; agus thuit i air uchd. "M'athair! m'athair gaoil!" thuirt a mhaighdean through le acain, 's i a siabadh air falbh a deòir leis na briathran.

"Cha'n fhaod sibh a bhi cuideachd ach ùine ro ghearr," arsa fear-coimhead a phrìosan, 's e tionndadh a mach car tacain. "Gu'n comhnadh Dia leat 's gu'n d' thugadh e sòlas duit," arsa Sir Iain 's i aige gu teann ra bhroilleach, 's e ga pògadh. "Bha eagal orm gu'm bàsaichinn gun mo bheannachd a thoirt air ceann mo nighinn féin, agus bu dorra leam sin na'm bàs; ach thainig thu ghaoil, thainig

thu; agus is leat beannachd deireannach t' athar truagh."

"Ni h-eadh; togaibh dheth;" ghlaoidh i, "cha 'n e do bheannachd deireannach;-cha'n e! Cha chuirear m' athair gu bas!"

"Cum ort fein, cum ort fein, mo nighean!" arsa 'h-athair. "Och, gu'm b'urrainn domh solas 'thoirt duit!-mo leanabh gaoil! Ach cha'n 'eil dochas do m' thaobh; o cheann thri latha, bithidh tusa 's mo chlann gu léir"-gun athair bha e dol a radh, ach thàinig stad air.

"Tri latha!" ars' ise, 's i togail a cinn o bhroilleach, ach gu dùrachdach a fàsgadh a lamhan; tri laithean! tha dòchas ann matà fhathasd, gu 'm bi m' athair beò! Nach 'eil an sagart ris am bheil an Rìgh 'deanamh aidmheil na charaide do m' sheanair? Aslaichidh e airson beatha 'mhic, agus cha chuirear m' athair gu bas?" "Ni h-eadh, ni h-eadh, mo nighean," ars esan; "na bi air do mhealladh; cha'n 'eil dòchas ann-tha mo bhinn-dìtidh cheana air a sheuladh-sheulaich an rìgh cheana òrdugh mo dhi-cheannadh, 's tha teachdair a bhàis cheana air an t-slighe."

"Gidheadh cha chuirear m-athair gu bas! cha chuirear!" thuirt i, 's i filleadh a lamh na cheile. "Gu'n cuireadh Dia le run nighinn!" thuirt i le dùrachd; agus a tionndadh ri 'h-athair thuirt i gu foil, "theid sinn o chéile an dràsda ach coinnichidh sinn a chéile fhathast."

"Ciod a tha 'n rùn mo nighinn?" dh' fheòraich e le déidh 's e beachdachadh le iomaguin 'na gnùis.

"Na feòraichibh 'san àm, athair," thuirt i, "na feòraichibh 'san àm e, ach guidhibh leam agus beannaichibh mi, ach na b' ann leis a bheannachd dheireannach."

Dhlùthaich e rithist ri 'bhroilleach i. A thiota chaidh fear coimhead a phrìosan a steach, agus sgaradh iad a glacaibh a cheile.

Air feasgar an ath latha an deigh a chomhludair a dh' ainmich sinn, chaidh fear-turuis o thuath thairis air an drochaid. Tharruing e aig Beruic, agus a cumail beagan air adhart, shuidh e sìos a leigeadh a sgios deth air suidheachan aig dorus tigh-òsda, air taobh deas na sràide. Cha deach e steach do'n tigh-òsda, oir bha sin os ceann coltas a staide, do bhrìgh gur h-ann a rinn Crombheil a chairtealan a ghabhail beagan bhliadhnachan roimhe sin, agus far an d' fhan roimhe sin Rìgh Seumas an siathamh, 'nuair bha e air a shlighe gu dol an seilbh air crùn Shasuinn. Bha peiteag air an fhear-thuruis de aodach cumanta, ceangailte mu 'n cuairt le crios leathair agus falluine ghoirid air uachdar do 'n ghnè cheudna. Bu shoilleir gur duin' òg a bh' ann, ach bha chòmhdach cinn air a tharruing air aghaidh 's nach mor nach robh aodann air a chleith. An aon laimh ghiulain e ceanglachan beag, 'san laimh eile bata fir-turuis. Air iarraidh glaine fhiona da thug e mach mir arain as a cheanglachan, agus beagan mhionaidean an deigh sin dh' éirich e gu imeachd. Bha sgailean na h-oidhche 'g iadhadh, agus bha coltas gu'm biodh an oidhche stoirmeil. Bha na speuran a fàs gruamach; bha na neòil 'nan

dian luaths o'n fhairge-osagan laidir gaoithe a nuallan tre na sràidean le marc-shian 'chuir aghaidh nan uisgeachan gu ainneart.

"Gu'n cuidicheadh Dia thu, ma tha rùn ort siubhal fada ri leithid so de dh' oidhche," thuirt am fear-faire bh' aig a' gheata Shasunnach 'nuair chunnaic se e 'dol seachad air thar na drochaid. An ceann beagan ùine bha e air sliabh farsuing, fàsail agus ùdlaidh, nach robh fad mhiltean ach na fhàsach còinnich, rainich agus fraoich falaisg ghlaise, an so 's an sud còmhdach le tiugh phreasan. Dhirich e gu mall ach saothreachail a chas-bheinn, fo neart na siane, a bha séideadh le dian bhoil. Dhòirt an t-uisge nuas mar chas shruthan, 's bha fead na gaoithe mar dhonnalaich legion de mhadaidh-alluidh chiocrach, is mac-talla 'ga freagairt le fuaim uamhais. Ach chum an coigreach air adhart, gus an robh e 'dha no tri mhiltean o Bherbhuic; 's mar nach biodh e comasach air dol ni b' fhaide an aghaidh na siane, shir e fasnadh fo phreasan smeur ri taobh an rathaid. Dlùth air uair an deigh dha suidhe fo 'n t-seorsa fasnadh so, mheudaich dorachdas na h-oidhche 's an stoirm le chéile. Chual' e an sin fuaim chas eich a staisdreadh le luaths air an rathad. Chrom am marcaich' a cheann 's an sian gu laidir 'na aghaidh. Gu h-obann chaidh 'each a ghlacadh air shréin. Thog am marcach suas a cheann; bha coigreach 'na sheasamh fa chomhair is dag aige ri 'uchd.

"Teirinn!" ghlaodh an coigreach gu danarra. Chaill am marcach a lùths agus ghlac eagal e. Thug e oidhirp air ruigheachd air armachd, ach gu h-obann leig am fear-reubann as an t-srian, ghlac e am marcach air bhroilleach agus spion e gu làr e. Thuit e le trosd an comhair a chinn, is dh'fhan e beagan mhionaidean gun mhothachadh. Ghlac an coigreach a mhàileid anns an robh na litrichean gu luath, agus air dha shiabadh air a ghualainn, ruith e thairis air an raon.

Gu moch 'sa mhaduinn chite luchd-àiteachaidh Bherbhuic nam buidhnibh a dol le cabhaig do 'n àite 'n d' rinneadh an reubainn, agus sgap iad gach rathad thairis air an t-sliabh, ach lorg air an fhear-reubainn cha d' fhuaradh.

Chaidh tri laithean seachad agus bha Sir Iain Cochran fhathast beò. Chaidh a mhàileid anns an robh 'bharantas bàis a ghlacadh, agus mu 'n tigeadh an ath òrduigh a chur gu bàs dh' fhaodadh eadar-ghuidhe athar Iarla Dhundòmhuill ri sagart éisdeachd an rìgh bhi soirbheasach. Is beag nach robh Griadach a nis gach àm maille ris 'sa phrìosan, agus a labhairt briathran sòlasach ris. Chaidh dlùth air ceithir la deug thairis o'n spùilleadh am post deth mhàileid. Bha 'n dòchas fadalach bha 'm broilleach a phrìosanach air fàs na bu sheirbhe na bha bhinn an toiseach, ach an dòchas sin fhein, searbh 's mar a bha e, chaidh as da. Cha do shoirbhich le eadar-ghuidhe 'athar; agus sheulaich an rìgh an dara uair a bharantas bàis, agus beagan is latha eile ruigeadh am barantas sin a phrìosan.

"Toil an Fhreasdal gu robh deanta!" thuirt am prìosanach le osna.

"Amen!" arsa Griadach gu ealamh, fiata; "ach cha chuirear m' athair fhathast gu bàs."

Rainig am marcaiche le mhàileid sliabh Thuidmoth, a giùlan barantas bàis Shir Iain Cochran an dara uair. Thug e spor do 'n each, a chuir 'na dhian-luaths e. Sheall e gu geur roimhe, 'na dhéigh, 's air gach taobh; bha 'dhaga aige 'na laimh dheis deiseil gus e fhein a dhion. Chuir a ghealach soills' thaibhse thar an raon. Shaoileadh e gur coltas duine a bh' anns gach preas. A tionndadh aig oisinn da, thug 'each leum air ais 'nuair chual' e fuaim urchair daga a las mu 'shùilean. 'Sa cheart àm loisg e le 'dhaga féin a thug air an each leum thoirt as le barrachd ainneart 's gu 'n do thilg e gu làr e. A thiota bha cas an fhir-reubainn air a bhroilleach, a chrom air a mhuin, 's a tarring a mach claidheamh goirid thuirt e, "Libhrig d' airm dhòmhsa no 's bàs dhut e." Dh' fhàilnich cridhe seirbhiseach an righ 'na chom, 's gu 'n mhisneach aige air guth a radh rinn e mar a dh' iarr e. "Nise siubhal romhad," ars' am fear-reubainn gu fiadhaich, "ach fàg d' each agamsa agus do mhàileid, air eagal gu 'n tachair na 's miosa dhut." Dh' eirich an duine 's e air chrith is raing e Berbhuic. Leum am fear-reubainn air muin an eich a dh' fhag e, is mharcaich e gu luath thar an raon.

Bha gach ullachadh 'ga dheanamh air son Sir Iain Cochran a chur gu bàs. Cha robh 'dhìth air an luchd-lagha ach a mhàileid a thighinn leis an dara barantas, 'nuair a rainig an naigheachd gu'n deach a mhàileid a rithist a ghoid. Shìn so beath' a phrìosanaich ceithir latha deug eile. Thuit e rithist air muineal a nighinn, ghuil e, is thuirt e, "Is math a chùis; tha lamh an Tighearna 'san ni."

Cha d' thainig crìoch air na ceithir làithean deug 'nuair chaidh dorsan a phrìosain 'fhosgladh, agus a leum Iarla Dhundòmhuill an glacaibh a mhic. Shoirbhich le 'eadar-ghuidhe ri sagart an righ mu dheireadh. An deigh barantas bàis Shir Iain a bhi air a sheuladh da uair 's nach d' rainig iad, sheulaich an righ a mhaitheanas. Ghreas e maille ri 'athair o'n phrìosan da thigh fein. Bha 'theaghlach a teannadh mu thimchioll, a sileadh deòir an aoibhneis, ach ged is i Griadach bu mhò a dh' fhuiling fhad 'sa bha e 'm prìosan na iad uile, cha robh i a làthair 'san àm. Bha iad a gabhail iongantais le taingealachd ri riaghladh an Fhreasdail, a chuir stad da thurus air a mhàileid 's a shaor a bheatha, 'nuair a dh' aslaich coigreach faighinn a stigh, agus thainig am fear-reubainn a steach. Bha e còmhdaichte, mar a dh' innis sinn cheana, le falluin agus peiteag de dh' aodach cumanta. Bha 'ghiulan os ceann a choltais. A' dol a steach bhui e le 'laimh ri chòmhdach-cinn, a dh'fhàg e air.

"An uair a leughas sibh iad so," is e 'toirt am mach da phaipeir as a bhroilleach, "tilgibh 'san teine iad."

Thug Sir Iain sùil orra agus dh' fhàs e glas-neulach. B'e 'bharantasan bàis a bh'annta.

"M' fhear-saoraidh!" ghlaodh e. "Cionnas is urrainn domh 'bhi taingeil dhut-cia mar theid agam air ath-dhioladh a thoirt do fhear-saoraidh mo bheatha? Thugadh màthair mo chlann taing dha air mo shonsa." Ghlac an seann Iarla an coigreach air laimh; dhlùthaich a chlann ri ghlùinean. Chuir e 'làn ri aodann is bhrist e mach le deòir.

[TD 191]

[Vol. 12. No. 24. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic
AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH NAR TAIGH-CEANNACHD AIR
Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn
taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

A. J. G. MACEACHUINN,
FEAR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
<eng>McDonald Building, Charlotte Street.<gai>

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>
FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.
<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-Os cionn Stor Harrington.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>
CORPAICHTHE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal,<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.

<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air
adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3½% 'sa
bhliadhna.

Marbhann

Do Dhonnachadh Bàn Ceistear a bha air an Eilean Mhór
<eng>(Boularderie).<gai>

LE EIGHRIG BEAN IAIN MHIC LEOID.

Och! mo dhiobhail is m' éire!
Rinn a bhliadhna-s' mo leagadh gu làr-
Cha 'n 'eil fiadh air nach beirear,
'S cha'n 'eil sionnta nach teirinn o'n àird-
Dh' fhalbh an cothrom 's cha till e
Anns am faodainn mo shìth 'dheanamh tràth,
'S mar dean Dia dhomh mo sheasamh
'S fhada cian mi air dheireadh air càch.

Dh' fhaoidte radh gun teagamh
Gu dainig àmhghar d'ar n-eilean is gruaim,
Leis a bhàs thighinn a stigh oirnn
'Rinn ar fagail an leagadh ro thruagh;

Thuit a chraobh le 'cuid gheug oirnn,
'S laidh i trom air gach creutair a fhuair
Aithne riamh ort fo d' éisdeachd;
'S goirt a bhuille fo 'm b' éiginn daibh gluas'd.

Thainig teachdair' ga d' iarraidh
Nach d'rinn iochd air do chiochranaibh òg,
'Dh' fhag mar chaoirich air sliabh iad
'Bh' air an àrach fo bhriathran do bheòil;
Dh' fhag gun cheann gun fhear-iùil iad
Bha ga 'n tarrauin a dh' ionnsuidh an stòir
Anns robh lànachd gun traoghadh,
'S anns bu ghnàth leat bhi taomadh gu 'm beòil.

Cha robh do leithid ri fhaotainn
Bho 'n is cuimhne le aon a tha beo;
Cridhe carranach, maoth,
Is cogais chaithriseach, chaoin air gach doigh;
Sith is càirdeas is gaol
A chum do chiocharan mhaoth 'chuir air dòigh,
'S tu fhein mar stiubhard ga 'm biadhadh,
O'n bha 'n taisgeach dhut fialaidh gu leor.

'S iomadh aon 'bha na'n truaghain,
'S ann air ioma cheisdean cruaidhe ro mhor
Gheibheadh saors' agus suaimhneas
Nuair a bheireadh iad suas dhut an leon,
Reidheadh plàs'd 'chur ri 'n creuchdan
'Chum an glanadh bho eucail nam feoil;
'S ann am fuil a chroinn-cheusaidh
Tha acfhuinn ghlanaidh gach creutair dhe 'n t-seors'.

Bu tu caraid an anama,
Ged nach fhaigheadh an cealgair uat sgàil;
An lion ascart cha mhùchadh
Air cho caol 's gu'm biodh smùdan dhe 'fàs,
A chuile bhriste cha bhrùghadh
Dhe'm biodh anailean cùbhraidh nan gràs,
'S e bhi ga'n altrum 's ga'n uallach
A bha na thasg ort gu uairean do bhàis.

Ged fhuair thu 'n claidheamh da fhaobhar,
'S ged a thog thu e daonnan gu h-àrd,
Chum a bhagradh gun chaomhnadh
Air an aiteam a dh' aomadh gu sàil,
Cha d' rinn thu 'n goirteach' ma dh' fhaod thu,
'S cha mho a bhuaile thu a h-aon dhiu gu làr,
Nuair bu mho 'n eagal roimh fhaobhar
'S ann bu mhinic a thaom thu orr' gràdh.

Rinn thu bhratach a sgaoileadh
Chum 's gu'n tionailleadh daoine fo 'sgàil,
'Toirt deadh sgeul air an tir dhaibh
'San robh sonas is siochaint a tàmh;

Cha do mheataich thu 'n inntinn,
Air dhaibh toiseachadh innte gun dàil,
Gus na chreid iad mar fhirinn
Gu robh cuid agad innt' agus pàirt.

B' ard fhear-fair' air an tùr thu,
Bha Clann Isreal dlùth dhut an dàimh,
S ma dh'aom thu 'n claidheamh ga'n ionnsuidh,
Thug thu rabhadh le cùram dhaibh tràth;
Cha robh fuil ort ri iarraidh,
'S iad a cluinntinn do bhriathran a ghnàth,
Is tu dearbhadh le d' bheusaibh
Gu'n do thog thu 'n crann-ceusaidh na thràth.

'S bochd ar sgeula ri 'h-aithris,
Ged nach dàna leinn coir' chur air Dia
'Rinn do phaillenn a leagadh
'S a thug sabhailte leis thu fo 'dhion
Dh' ionnsuidh oighreachd na saorsa
'Chaidh a cheannach gu daor dhut le pris,
Tha thu nis innt' gu h-iùlmhor,
'S 'si mo bharaile gur dùbailt dhut sith.

'S mor an gibht a thug Dia dhut,
A bhean urramach, riaghailteach, choir,
A bha tairis is fialaidh,
S le 'm bu ghnath a bhi riaghladh do bhord;
Nuair a thigeadh na h-aoidhean
Gheibht' thu romhpa le aoidhealachd mhor,
Cha bhiodh caomhnadh air biadh ann,
Reidheadh a sgaoileadh gu fial air na sloigh.

Cha robh ni bha dhaibh feumail
Nach do theagaisg thu fein dha do chlann,
Cha robh truaighe bha 'n tòir orr'
Air nach tug thu dhaibh seoladh ro laimh;
Air son innleachdan Shàtain
Leis 'm bu mhiann bhi ga'n gnath chur air chall
Anns an t-slighe bha comhnard
'S air 'm bu shona dhaibh eolas gu cheann.

Bu dheadh fhear àraich nan uan thu,
Is fear aiseag nan cluainean gu sith,
Thaobh do ghradh dhaibh mar bhuachaill'
'S tu nach fhagadh fo thruaigh iad na d' bhinn;
B'e sgrios rioghachd an t-Sàtain,
Ni is minic bu ghnath leat na d' linn,
Spionadh anaman beo leat
Chum an aiseag gu solas is sith.

Bha do dhanachd mar leomhann
A chur chathannan mora 's thoirt buaidh,
Bha do shèamhachd mar chaoirich
Bh'air am beathachadh daonnan 'sa chluain;

Bha thu caithriseach, eudmhor,
O gach taobh mu'n tig béisd gu d' chuid uan,
'S an leomhann beucach ri saothair
Dh' fhiachainn am b' urrainn e aon dhiubh 'thoirt bhuat.

Rinn thu Pisgah a dhireadh
'Ghabhail beachd air an tir a bha thall,
Tir Chanàain tre aoibhneas
B'e do ghuidhe mar oighreachd bhi ann;
Chaidh thu thairis air Iordan,
'S sheas a bhruchan mar thòrr os do cheann,
Chaidh do chriochan a sgaoileadh,
'S gur leat oighreachd is maoin nach 'eil gann.

Chuir thu cath an deadh chomhrag,
'S fhuair thu thairis air Iordan gun stri,
Rinn na h-ainglean do threorach'
Anns an t-slighe ga d' sheoladh gu min
Dh' ionnsaidh ionad do sholais
Far am fac thu Iehobhah an Rìgh,
Far bheil na clarsaichean oir,
'Sa bhios na crùinteanan gloir air an cinn.

Bha thu 'd stiubhard ro dhileas
Air an t-saibhreas gun chrich ann an gloir;
Fhuair thu gibhtean ro phriseil,
Chum an riaghladh air miltean do shlòigh;
'S math a b' urrainn mi innse
Gu'm bu choltach ri fìrean do dhoigh,
S bha do thaic ris an iobairt
Bho 'n a tharruinn thu milseachd ri h-ol.

'S ann bha do bhunait is d' earbsa
As an Ti ris na dh' earb thu do shlàint,
Rinn do ghlacadh le innleachd
'S a thug coir dhut air rioghachn a ghrais,
Sgaoil e 'sgiortan mu 'n cuairt ort,
Nuair a bha thu fo fhuar-dhealt a bhàis,
Thaobh 's gu'n dhealraich a ghrian ort
Rinn do tharruinn an liontan a ghrais.

Cha 'n 'eil mo chliu ort ach luaithe
Gus do bheusan a luaidh mar bu choir,
'S gun mo chomas ach suarach
Gus do theist thogail suas a bha mor;
Bha thu tairis is caomhail
Ris gach truaghan bh' air faontradh bho 'n chro,
'S tu fhein ga 'n cuairteach' mar aodhair
A muigh air fuar bheannaibh aognaidh nan deoir.

Tha thu saor bho gach buaireadh,
Cha ruig àmhghair no truaighe thu 'chaidh,
Fhuair thu dhachaidh gu d' shuaimhneas,
'Bh' air a ghealltainn mar dhuais dhut le cinnt,

Far nach caoidh an luchd-àitich,
Is nach abair gu bràth tha mi tinn,
Far 'm bheil na naoimh ann a comhnuidh
Aig lan fhois ach binn cheol ac' ga 'sheinn.

Ged a gheibhinns' air m' iarrtus
Gach la chaidh sios uam an céin,
Gach seachdain is bliadhna
Chaidh seachad ro lionmhor gu léir,
Mar ri roghadh gach fianuis
A chuala mi cian fad mo ré,
'S e bhi ga d' chluinntinn bu mhiann leam
Dhe na chunnaic mi riamh dhiubh gu léir.

B'e mo ghuidh' agus m' aoibhneas
Gu 'n tigeadh ort oighre tre ghras;
Cha b'e mac Hagar o'n Eiphit
Bu mhiann leam a dh' éirigh na d' ait',
Ach mac a gheallaidh 's na h-ùrnuigh
Air son an tric robh thu dlùth ann an sàs;
O, cuir do spiorad gu treun air
'S am biodh e againn an deigh Dhonnachaidh Bhàin.

Chaidh am marbhrann so 'dheanamh bho chionn leth-cheud bliadhna. 'S e so na tha air sgial agam dheth, ged bha coig rannan deug air fhichead ann bho thùs. Seachad air an t-ochdamh rann cha 'n 'eil iad anns an òrdan 'san d' rinneadh iad an toiseach. Sgrìobh Mr. Aonghas Domhnullach bho 'n Amhainn a Tuath e corr is da fhichead bliadhna air ais, agus mar an ceudna thug aon dhe na h-eilthirich do New Zealand leis am marbhrann air a sgrìobhadh. Dh' fhaodadh gu bheil tuilleadh rannan aig cuideigin eile agus ma tha bhithinn glé thoilichte fhaighinn troimh'n MHAC-TALLA. Bha Eighrig Nic Leoid a fuireach aig an Amhainn a Tuath, <eng>St. Ann's,<gai> far an do chaochail i 'sa bhliadhna 1888.

IAIN ALASDAIR MAC COINNICH.
<eng>66 Alexandra St.,<gai> Sidni.

Mo Roghainn-sa.

LE EOBHAN MAC-COLLA.

Ciod am math do dhuine
Bhith, gun fhois, gun tàmh,
Air tòir cliù no onair?
Faileasan gun stàth!

Ciod am feum bhith 'gearan
Gainne ar cuid stòir?
'S tric bha cridhe brùite
Leis an roinn a's mò.

Fanadh fleasgaich eile

Gus an cinn iad liath
'Càrnadh suas 's a deanamh
De 'n cuid òir an dia;

Dhomhsa mar mo roghainn,
Agus sin gun dàil,
Crioman boidheach fearainn
Ann an srath mo ghràidh.

Faigheam an sud mar rium
Bean bho theaghlach còir-
Caileag ghnìomhach, ghaolach,
Lom-lan aoidh is ceòl.

Toilicht' le a cuibhrionn,
Biodh e pailt no gann:
Sud an té bu spors leam
Bhith 'na màth'ir do m' chlann.

[TD 192]

[Vol. 12. No. 24. p. 8]

Amhairc an So!
'san ath aireamh airson
SANAS UR
bho
<eng>The Canadian Bank of Commerce
Sydney, C. B.
P. C. STEVENSON, MANAGER.<gai>

Oran.

LE AONGHUS MAC-AN-TOISICH.

LUINNEAG.
Sgoltadh thonn, sgoltadh thonn,
Sgoltadh thonn, ceol a bhinnis;
Sgoltadh thonn le luing ùir
Dol gu dlùth thar na linne.

Dh' fhag sinn cladach Alb' nar déidh,
Gach gleann réidh, beinn is tulach;
Tir a bhios nar cuimhn' a ghnàth,
'S luchd ar gràidh innt' a fuireach.

Cha 'n fheil mulad air aon ghnùis,
Cha 'n fheil sùil a tha sileadh;
Tha iad uil' an geall air òr,
'S taighean-còmhnuidh làn grinnis.

Ann an àite port a bhròin,

Cumha Dhòmhnail Mhic-Cruimein,
'S ann tha 'm piobaire th' air bòrd
'Cur nan seod 'dhanns' air mhire.

Tha an long gun bhréid, gun seòl,
Ach le treòir uisg' is teine,
Dol na 'deannaibh thar a chuain
Mar fhiadh luath air uchd beinne.

Ri tir shaor na coille mhóir
Tha a sròn air a cumail
Leis na fir nach stiùradh clì,
Gillean Ile agus Mhuile.

Cluinnear fear a seinn gu binn
Cliu na tir bha gun ghainne,
Air a bheil gach smuain is sùil
Is sinn dlùth oirre 'teannadh.

Is fear eile 'caoidh mar dh' fhàg
Luchd na stràic Alba bheannach;
Air mar dh' fhògair iad a clann
Bho gach gleann agus bealach.

Soraidh leibh, a luchd mo rùin,
Tha nis Cùibeic san t-sealladh;
'S mar a sgapar moll le gaoith
Bidh sinn sgaoilte gu h-ealamh.

Is mar coinnich sinn ri 'r beò,-
'S gur h-e 's dòcha nach coinnich,-
Cumaidh gaol ar n-òige blàth
Do thir àlainn nam bonnach.

Gu'n robh 'n Ti 'tha riaghladh shuas
Leinn nar gluasad gach latha,
'S e ga'r treòrachadh air laimh
A chum aoibhneas nam flathas.

GLEANN-A-BHAIRD.

An Gille Donn.

LUINNEAG.

'S mise tha fo mhì-ghean
Mu 'n ghille dhonn,
Oigear nan rosg mìogach
'Dh' fhàg m' inntinn trom;
'S mise tha fo mhì-ghean
Mu 'n ghille dhonn.

'S mise th' air mo sgaradh,
Bho thoiseach an earraich:

Dhealaich uam mo leannan,
Maraiche nan tonn.

Thug mi gaol a chràidh mi
Do sgiobair a' bhàta,
Gheibhinn cadal sàmhach
Leat air bhàrr nan tonn.

'S e 'n gaol a thug mi og dhut
An diugh a tha ga m' leonadh,
A chaidh cha diobair m' fheoil thu
Fhad 's is beo mo chom.

Oir tha moran bhuaidhean
Air mo rùn 's mo luaidh-sa;
Bu tu làmh a' chruadail,
Moran uaisl' a'd' chom.

'S e bhi ort a' bruidhinn
An nochd a tha ga m' ruigheachd,
Oigear, a Chloinn Iain,
'Dh' fhag mo chridhe trom.

'S maraich' thu gu seoladh
Cho math 's a ghlac ropa,
Sealgair thu air mointich,
'S leonadh tu 'n damh donn.

'Nuair thigeadh tu dhachaidh,
'S do ghunn' ann ad' achlais,
Sealgair geoidh is eal' thu,
'S a chearc riabh'ch air fonn.

'Dol 'stigh an Caol Cannach
Shéid e oirbh gu frasach,
Thainig fairge tharsuinn
'S bhuaile e thu gu trom.

Thainig air do chùlthaobh
Na chuir anns a' ghrund thu,
'S e dh' fhag mise tursach
Mo run bhi 'tamh fo 'n tonn.

Oran

LUIÑNEAG.
Fàill ill ó ro, fàill ill ó,
Fàill ill ó ro éile,
Hi rithill, uithill agus ó,
'S na thugaibh hó ro éile.

Gur mise tha trom, airsnealach,
'S a mhadainn is mi 'g éirigh.

Tha 'ghaoth an ear a' gobachadh,
'S cha 'n i mo thogairt fhéin i;

'S i 'ghaoth an iar a b' aite leinn,
Is lasan oirre 'g éirigh.

Gu'n tigeadh oirnn am bàta
D'am b' àbhaist a bhi treubhach.

Uachdaran na tir oirre—
Mo dhìth ma dh' éireas beud da!

Uachdaran na duthch' innte—
Gu bheil mo dhurachd féin leis.

Hi ri, gu 'm b' ait leam fallain thu,
Ad chaisteal ann an Sléibhte,

Far am bi na fìdhleirean,
'S na pioban ann ga 'n gleusadh;

Is far am bi na gillean og
Is boidhche theid fo 'n éideadh;

Far am bi na h-ighneagan—
Bu bhinn leam bhi ga'n éisdeachd—

Is boidhche theid air urlar
An àm a' chiùil a ghleusadh

Is iomadh oigear furanach,
Cruaidh, fulangach le féile,

A dh' éireadh leat, a Dhomhnuill,
Na'n d' rachadh toir air Seumas.

Dh' éireadh Mac Mhic Alasdair
'S Gleann-garaidh leat le chéile;

Is dh' fhagainnsa mo dhùthaich
Air chùmhnannt a bhi réidh riut.

Bheirinn sgrìob a Lunnainn leat,
Na'm biodh mo thurus réidh dhomh.

Ach 's mise tha gu muladach
Air m' uilinn, is mi 'g éirigh.

Cho dubh ris an t-suidh.
Cho geal ris an t-sneachd.
Cho soilleir ris a' ghréin.

ANNS AN STOR UR
LE STOC MOR DE DH
Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula
ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE
air Sraid Shearlot.
<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

A' Ghailig:
"S i labhair Adhamh
Ann am Parras fein."

"S i a's fearr gu togail inntinn
Le binn-ghuth comhraidh tlath,
'S i a's sgaitiche gu mi-mholadh
'S a's mine 'nochdas gradh;
'N am cruinneachadh nam miltean
Le piob gu iomairt lann,
'S i a dhuisgeadh colg air oigrìdh,
'Nuair 'thogteadh srol ri crann."
-Donnachadh Bàn.

Cuir a dh' iarraidh "Mhic-Talla."

<eng>Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na
treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a.
m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m.,
'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

[Dealbh]
A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE
dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa
fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-
uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an
so.

Faodar comradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.
J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.
M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.
<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a' sùire.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaire Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid

Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

Mac-Talla.
Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.
Bliadhna, \$1.00
Tri Miosan, .30
Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchda gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26, no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 193]

[Vol. 12. No. 25. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, IUN 10, 1904. No. 25.

Am Bheil 'Mac-Talla' gu Dhol Bas?

Ma tha, cha'n 'eil a' dol a dh' éiridh dha ach rud a thachair do gach paipeir is miosachan a chuireadh riamh a mach anns a chàin Ghaidhealach. Tilgear sin oirnn gu math tric le Goill 's le Sasunnaich. Their iad nach 'eil de dhìlseachd annainne d'ar cainnt na chuireas fiù dolair a mach air son a cumail suas. Cha 'n 'eil atharrach air; feumaidh sinn ar ceann a chromadh agus a bhi 'nar tosd. Chuir e dorran orm fhaicinn anns an àireamh mu dheireadh gu bheil MAC-TALLA air lom a dhol bàs le cion suim nan Gaidheal. Is naidheachd neo-thaitneach do d' leughadairean gu bheil e 'dol a thoirt suas.

Cha'n 'eil comhairle an fhir-dheasachaidh agam anns an ni tha mi dol a radh, ach tha e soilleir gur e cion gabhaltaichean a tha na aobhar MAC-TALLA bhi dol a stad. A nise, cha bu mhor an dragh na gabhaltaichean a dhùblachadh. Cha'n 'eil aon againn a tha gabhail a

phaipeir nach faod le beagan saothair aon ghabhaltach ur fhaotainn do'n phaipeir mu'n tig deireadh a' mhios so. Ged bhiodh corra neach nach b'urrainn an ni beag sin a dheanamh tha moran eile a dh'fhaodas àireamh de ghabhaltaichean ùra fhaotainn. Ma chuireas gach neach 'ainm féin agus na gheibh e de dh'ainmean ùra dh' ionnsuidh an fhir-dheasachaidh bheir sin misneach dha gu cumail air aghart. Cho luath 'sa thig a chiad àireamh a mach de 'n treas leabhar deug (Vol. XIII) cuireadh na h-uile neach air aghart a dholar fein agus dolair nan gabhaltaichean ùra. A thuilleadh air a sin, ma tha neach sam bith ann am fiachan do'n phaipeir air son na h-ùine chaidh seachad cuireadh e an t-suim, gun an tuilleadh dàlach, a dh'ionnsuidh an fhir-dheasachaidh. Ma ni sinn so pàighidh e do 'n fhear a th' air ceann a ghnòthuich am paipeir a chumail gu riaghailteach air a chlo-bhualadh. Cha'n 'eil e iomchuidh gu'm biodh cosgais agus uallach cumail suas a phaipeir a tuiteam air gualainn aon duine. Rinn e gu math 's gu ro-mhath anns an àm a dh'fhalbh. Cha b'e h-uile fear a dheanadh cho math le cho beag cuideachaidh agus misneach o mhuinntir eile. Rachamaid air obair, mata. "Na innseadh Gall do Ghaidheal" gu'n do leig sinn bàs le MAC-TALLA.

C. C.

An Laoidheadair Gailig.

Cha bhi an leabhar so air a chur a mach air a' bhliadhna so fhathast. Chuireadh 104 de laoidhean r'a cheile, agus chuireadh iad fa chomhair Ard-Sheanadh Eaglais na h-Alba aig deireadh a' mhios a chaidh seachad le sgeul mu bheachdan cuid mu fheum agus mu luach an leabhair. Bha feadhainn ann nach robh idir riarachaidh leis an leabhar, agus ghluais an t-Olla Urr. Tormoid Mac Leòid, Ionar-nis, gu'm biodh e air a chur sios a dh' ionnsuidh nan cleirean Gàidhealach a rithist air son ath-leasachaidh, leis an rùn gu'm biodh iomradh air a dheanamh air an ath bhliadhna aig an Ard-Sheanadh. Bha muinntir eile ann a bha fàs sgìth de'n dàil a bha air a chur anns a' chùis mar so o bhliadhna gu bliadhna. Bha e air a chomharrachadh a mach gu'n robh seachd bliadhna o'n thòisicheadh air an leabhar an toiseach. Chuir Mr Iain Mac-an-t-Saoir, eildeir an Glaschu, gu sònruichte an aghaidh a bhi cur dàil anns a' chùis. Air an laimh eile tha feadhainn ann, mar tha Mr. Mac-Eacharna 'an Ionar-nis, nach 'eil a' smuaineachadh gu'm bheil moran feum idir air an leabhar anns a' Ghaidhealtachd. Tha am maoth-bhlàths so a' cumail air ais adhartas ann an cùisean seinn is ciùil am measg nan Gàidheal. 'S ann mar so a tha a ghnàth a' tachairt do chùisean ionmhalta.—<eng>Oban Times.<gai>

Guth as na h-Eileanan Coille, E. P. I.

COMHAIRLE AN T-SEANA GHIULLAN.

Ma's fhior na seana ghiullain 's e 'n gliocas a tha 'g an cumail o phòsadh. Cha'n 'eil iad a faicinn nighinn òig sam bith gun choire no fàillinn air choir-eiginn. Tha e coltach gur gann a bhiodh iad

riaraichte le té leis gach buaidh is subhailc a dh' ainmich Solamh 's na Gnath-fhocail. Bha fear dhiubh a toirt comhairle air fear a bha sealltainn air son mnatha, e a dh'fheuchainn am faigheadh e té a bhiodh coltach ris na trì nithean a leanas, agus gun i bhith coltach riutha:-

1. I bhith coltach ri uaireadair mor stiopall-riaghailteach 'na gluasad; ach gun i bhith coltach ris an uaireadair mhór, le a teanga 'bhith ri chluinntinn thar a' bhaile.

2. I bhith coltach ri mac-talla-i 'fhreagairt an uair a rachadh bruidhinn rithe; ach gun i bhith coltach ri mac-talla-anns an fhacal mu dheireadh a bhith aice daonnan.

3. I bhith coltach ris a' chreutair a tha 'san fhaochaig-gun i bhith ach ainneamh as a tigh-comhnuidh fhéin; ach gun i bhith coltach ris a chreutair sin, air bheag suim do gach ni ach na bha i 'giulan air a druim.

Tha mi smaoinichadh nach can mi an còrr an dràsta. O'n a bha mi cho fada gun sgrìobhadh is gann a tha fios agam c'aite no co air a thòisichinn. Ach thugaibh mo mhìle beannachd do Pheigidh Phabach, do mo charaid C. C., agus do gach caraaid caomh eile a tha cho caoimhneil agus cho càirdeil a' sgrìobhadh agus a' leughadh agus a' paigheadh MHIC-TALLA. Agus mar a thuirt mi uair no dha roimhe cha'n 'eil mi fuasach siubhlach ann 's mar sin cha'n 'eil moran de naigheachdan ùra agam aig an àm, agus cha'n 'eil mi idir gle mhath gu naigheachdan a dheanamh. Agus bho nach 'eil naigheachd ùr agam, 's e 's docha gu'n cuir mi seann naigheachd fhéin gur n-ionnsuidh an ùine gun bhith fada. Mar bu nòs 'ur caraaid dìleas

SEUMAS A. MAC GILLEMHAOIL.
Eileanan Coille, E. P. I.

Aimsirean na Bliadhna.

Tha ceithir aimsirean 'sa bhliadhna-an t-earrach, an samhradh, am foghar agus an geamhradh. 'San earrach tha an tuathanach ag àr an fhearainn, agus a' cur an t-sìl 'san talamh; tha na h-eòin a' deanamh an nead agus a' toirt a mach an àlach; agus tha na craobhan a' teachd fo bhlàth, agus aghaidh a' chruthachaidh a' fàs ùrar agus gorm. 'San t-samhradh tha a' ghrian a' dealradh a mach 'na maise, 'na blàths, agus 'na neart; tha i a' toirt beatha agus fàs do na mìltean de chreutairean 'tha ag éirigh as an duslach; agus le a caomhnealachd, agus le fàile an uisge tha na craobhan air an còmhdachadh le meas,-na gàraidhean air an sgeadachadh le flùranaibh, -agus a' mhachair a' giùlan pailteas sìl air son lòin do dhuine agus do ainmhidh.

'San fhoghar tha gach ni a' teachd gu foirfeachd. Tha an t-arbhar, air dha bhì abuich, air a ghearradh sìos, agus air a chruinneachadh a steach do lannaibh agus do shaibhlibh. Tha am meas air a spionadh bhàrr nan craobh, agus air a thasgaidh ann an tighibh-stòir. Tha

duilleach na coille a' crionadh, agus gach luibh mhaoth tha fàs 'sa mhachair a' nochdadh gu soilleir gu bheil deireadh na bliadhna am fagus. An déigh an fhogharaidh thig an geamhradh a riaghladh na bliadhna. Agus le a theachd fàsaidh an là goirid agus an aimsir fuar; bithidh na neoil air an luchdachadh le sneachd agus cloich-mheallain; agus seargaidh an doinionn ànradhach agus a' ghaoth-reòtaidh gach luibh ùrar agus ghorm,—sgapaidh iad an duilleach tha còmhdachadh nan craobh,—agus tionndaidhidh iad gach ni tha sgeadachadh aghaidh na talmhainn gu coslas agus cruth a' bhàis.

Do 'n duine eagnaigh agus ghlic tha aimsirean na bliadhna agus obair a' chruthachaidh gu h-iomlan mar leabhar fosgailte, anns am bheil e a' leughadh maitheis agus mòrachd Chruithfhir na talmhainn. San earrach tha e faicinn a chaomhalachd, 'nuair tha e toirt air blàths na gréine aghaidh an t-saoghail nadurra ath-ùrachadh, agus tha e a' lionadh cridhe gach creutair aig am bheil mothachadh le gàirdeachas agus gean. 'San t-samhradh tha e faicinn glòir agus mòralachd a nàduir, 'nuair tha a làmh thoirbheartach a' sgeadachadh gach ni le maise, agus a' deanamh tigh-stòir do'n chruinne-ché, far am bheil e solar pàilteas a shàsachadh miann gach creutair a chruthaich e. 'San fhoghar tha e faicinn a mhaitheis, 'nuair tha an t-arbhar a' fàs buidhe air na machraichibh, agus tha gach ni air aghaidh a' chruthachaidh a' deanamh eadar-mhèineachadh soilleir air firinn nam briathran so, "Tha sùilean gach ni a' feitheamh ortsa, o Dhé, agus bheir thu dhaibh am biadh ann an àm iomchuidh: fosglaidh tu do làmh fhialuidh agus sàsuichidh tu miann gach ni beò." Agus 'sa gheamhradh tha e cluinntinn guth a chumhachd, agus a' faicinn neart a chorruidh 'nuair tha e còmhdachadh an talmhainn le sneachd,—

[TD 194]

[Vol. 12. No. 25. p. 2]

a' sgaoileadh an liath-reothadh mar luaithe, agus a' tilgeadh a mach deighe mar ghreimannaibh. Tha gach ni dhiubh sin a' toirt dearbhadh cinnteach dhuinn air cumhachd, air gliocas, agus air maitheas an Ti sin tha 'g orduchadh aimsirean na bliadhna 'nan amannaibh suidhichte, agus a ta riaghladh a' chruinne-ché gu h-iomlan.

Facal Mu "Mhac-Talla."

FHIR-DEASACHAIDH:—Fhuair mi am MAC-TALLA a thainig a mach air an 27mh la de'n Mhaigh, anns an robh air innse gu robh am paipeir luachmhor ri sgur de thighinn a mach deireadh a mhios so, a chionn nach robh na Gaidheil ga 'chumail suas mar bu chòir dhaibh. Tha mi glé dhuilich air-son sin, agus tha mi 'n dochas gu'n dean an luchd-gabhail eadhon aig an am so an dleasan d'a thaobh. Chuirinn fhin mu choinneamh gach aon a tha ga 'ghabhail, fear-gabhail no dha eile fhaighinn dha. Bheir mi mo ghealladh gu faigh mise coig de luchd-gabhail ura dha, 's gu'n cuir mi na coig dolair g'ur n-ionnsuidh cho luath 's a bheirear fios gu bheil am paipeir ri dhol air adhart. A

bharrachd air sin ni mi m'uile dhichioll air fichead fhaighinn an aite nan coig.

Tha ioghnadh mor orm nach 'eil na Gaidheil a deanamh na's fhearr na tha iad ri MAC-TALLA, an aon phaipeir Gailig a th'air an t-saoghal. Tha e da-rireadh maslach. Bu choir e bhi air bonn na's fhearr na paipeir sam bith eile tha 'n America. Tha mi 'n dochas, co-dhiu, gu faigh sinn na's fhaide na gu deireadh a mhios so air-son feuchainn ri shabhaladh o'n bhas. Is mise

Do charaid dileas,
ALASDAIR TORREY.

<eng>Pittsburg, N. Dakota,<gai> Iun 9, 1904.

An Tuathanach agus a Mhic.

An uair a chunnaic seann tuathanach beartach gu'n robh a shlàinte air fàilinn, agus e fein a' dluthachadh ri 'chrìch dheireannaich, ghairm e a chuid mac gu taobh a leapach. "Mo chlann ghràdhach," thubhairt an duine euslaint riu, "tha mise nis fagus do'n bhàs, agus is e mo chomhairle dheireannach dhuibh gun sibh a dhealachadh ris an fhearann so a bha aig ar teaghlach o cheann sè fichead bliadhna air ais; oir, gu ni diomhair, a chuala mi o m' athair, fhoillseachadh dhuibh, tha ionmhas air fholach ann an ionad eigin de'n fhearann, ged nach d' fhuair mise riamh a mach ciod an t-àite dheth. Cho luath 'sa ghiulainear an t-arbhar bhàr an achaidh, na caomhnaibh saothair air bith 'ga iarraidh, oir tha fios cinnteach agam nach bi 'ur saothair an diomhain.

Cha bu luaithe a chaidh an seann duine a thasgaidh 'san uaigh, agus a thàinig an t-àm a dh'ainmich e na thòisich a mhic air an talamh a ruamhar. Thionndaidh iad gach troidh do'n achadh le mòr-churam; agus ged nach d' fhuair iad an t-ionmhas a bha iad ag iarraidh, gidheadh thug am fearann a mach mòran tuilleadh toraidh na thug fearann an coimhearsnaich. Aig ceann na bliadhna 'nuair bha iad a' cunntadh am buannachd mhòr, thubhairt aon diubh bu ghèire na càch, "Cuiridh mi geall gur e so an t-ionmhas a bha ar n-athair a' ciallachadh. Tha aon ni cinnteach, agus mhothaich sinn e 'nar fiosrachadh féin, gu bheil saothair 'na ionmhas agus 'na bhuanachd, agus gu'n dean làmh nan dichìollach an còmhnuidh beartach."

AM MAC A B' OIGE.

Leis an Urr. Iain Mac Ruairidh.

CAIBIDEAL XIII.

AN uair a thàinig seirbhisich an lagha, dh' fheuch iad ris an duine through a thoirt leotha; ach o nach robh e comasach air ceum coiseachd a dheanamh, thuirt Fear a' bhaile riutha gu 'n tugadh e dhaibh an t-each glas gus iad 'g a chur air a mhuin gus an ruigeadh iad àite anns am faigheadh iad dòigh air a ghiùlan do'n phrìosan.

Ghabh iad an tairgse so gu toileach; agus an déigh dhaibh beagan mhíltean a chois eachd rainig iad taigh anns an d' fhuair iad dòigh air a' mheirleach a thoirt leotha gu ruige Struidhleidh, far an do chuireadh clach is aol ma 'shròin.

Rainig an doctair agus Fear a' bhaile taigh an doctair gu sàbhailte beagan roimh àm cadail, agus iad le chéile glé thoilichte air son gu 'n deachaidh aca air fear de 'n luchd-droch-bheirt a chur an sàs. Ghabh iad eagal gu leor, agus ged a fhuair iad buillean is bruthaidhean, cha robh aobhar gearain aca o'n a bha 'n craicionn 's an cnamhan slàn.

An là-iar-na-mhàireach, an déigh dhaibh am braiceist a ghabhail chuir iad rompa gu 'n tigeadh iad a dh' fhaicinn cia mar a bha mise, agus a dh' innseadh dhomh gu 'n d' fhuaradh greim air fear dhe 'n triuir a thug uam mo chuid airgid.

Ged a bha mise air fàs gu math, cha robh mi comasach air obair sam bith a dheanamh. Thairg mi uair no dha beagan a dh' obair aotrom a dheanamh anns a' ghàradh comhladh ris an t-seana gharadair; ach cha leigeadh fear an taighe no bean an taighe leam lamh a chur ann an car obrach gus an abradh an doctair gu 'n robh mi làidir gu leor gus obair a dheanamh. Bha mi 'fàs sgìth de bhith 'nam thamh; agus a' bharrachd air a' sin, bha mi 'faicinn gu 'n robh e mar fhiachan orm oidhirp a thabhairt air rud eigin a dheanamh mar phàigheadh do na daoine còire, cneasda a bha cho fritheilteach dhomh, agus cho caoimhneil rium, fad mo thinneis 's ged bu leò fhein mi.

O nach fhaighinn cead a dhol a dh' obair, bhithinn mar bu trice a' dol a h-uile latha bhiodh gu math greis a chois eachd air feadh nam pàirceannan, no air an rathad mhòr. Agus o'n a bha mi 'g am fhaireachadh fhin a' fàs na bu treise a h-uile latha, bhithinn a' dol na b' fhaide 's na b' fhaide o'n taigh a h-uile latha.

Air a' mhadainn ud, o nach robh mi 'g am fhaireachadh fhin cho sunndach 's a b' abhaist dhomh, chuir mi romham gu 'n gabhainn an rathad mor o'n a b' e a b' fhasa 'chois eachd na na pàirceannan. Bha 'n latha soilleir, grianach, agus o'n a bha feothachan cunnabhallach de ghaoith fhionnair ann, agus mi 'g am fhaireachadh fhin a' sior fhàs na bu shunndaiche mar a bha mi 'cois eachd air aghart, chaidh mi gu math na b' fhaide o'n taigh na b' abhaist dhomh.

Mu dheireadh thuirt mi rium fhin gu 'n robh an t-àm agam tilleadh air eagal nach bithinn air ais aig àm na dinnearach; oir cha robh toil agam dad de dhragh a chur anns an taigh ach na b' fhior fheudar dhomh.

Aig an àm bha mi 'direadh bruthaich cho cas 's a bha ri tachairt rium air a chuid ud dhe 'n rathad, agus bha 'n anail an àird' a' chleibh agam mu 'n do dhìrich mi e. Gus a' sid cha do thuig mi gu 'n robh mi cho lag 's a bha mi.

An uair a rainig mi mullach a 'bhruthaich, shuidh mi gus m' anail a leigeadh, agus gus beachd a ghabhail air an t-sealladh bhriagha a

bha fa m' chomhair. Fada mu thuath orm bha aon bheinn mhòr; ach bha a' chuid bu mhòr dhe na bha de dh' fhearann 'nam shealladh fo spreidh, agus fo bharr dhe gach seorsa. Agus bha na glinn, na comhnardan, agus na monaidhean a bha 'nam shealladh cho briagha ann an coimeas ris an àite anns an d' rugadh mi 's gu 'n robh mi 'g ràdh rium fhin, gu 'm bu mhòr an toileachadh a bh' air daoine 'bha 'fuireach anns an àite, ma thachair gu 'n robh cùisean a' dol leotha cho math 's bu mhiann leotha.

Thàinig mo shuidheachadh fhin anns an àm fa chomhair m' inntinn, agus bha mi 'g aideachadh gu saor gu 'n robh mi glé ghòrach an latha 'chuir mi romham am muigh 's am mach gu 'n rachainn do 'n Ghalldachd. Bha mi gun sgrìob litreach a chur dhachaidh thun mo chuideachd o'n latha dh' fhalbh mi o'n taigh. Bha mi 'g am dheanamh fhin cinnteach gu 'n saoilleadh mo phàrantan agus gach aon eile a bhuineadh dhomh, no air an robh mi eòlach, gur e mullach a' mhi-chùraim a thug orm nach do sgrìobh mi dhachaidh. B' fhearr leam aig an àm na na chunnaic mi riamh gu 'n robh mi gun charachadh o'n taigh. An àite 'bhith 'cosnadh tuarasdail mar a bha mi 'n dùil a bhithinn, is ann a bha mi gun chomas air mo bhiadh a chosnadh.

Comhladh ris gach comhairle mhath eile a thug Fear a' bhaile orm fhad 's a bha mi 'na chuideachd, thuirt e rium mi chur romham gu 'n sgrìobhainn gu math tric thun m' athar 's thun mo mhàthar. Agus ged nach robh éis sam bith orra, thuirt e rium gu 'n tugadh e toileachadh mòr dhaibh nan cuirinn beagan airgid uca an dràsta 's a rithist. "Leigidh e ris dhaibh," ars' esan, "gu 'm bheil thu aig seirbhis, agus nach 'eil thu 'cosg do thuarsdail ann an gòraiche sam bith. Cha 'n urrainn toileachadh a's mò 'bhith aca na dearbhadh fhaotainn gu 'm bheil thu slàn, fallainn, deanadach, glic, agus cùramach, faicleach mu 'n tuarasdal a tha thu 'cosnadh.

An uair a smaoinich mi air a' chomhairle so, thòisich mi ri sileadh nan deug gu goirt. Bha mi air mo lionadh cho mòr le bròn 's gu 'n robh mi coma ged a bhithinn air bàs fhaotainn anns an taigh fhàs anns an do cheangail an triùir dhaoine mi.

Cha robh mi fada anns an t-suidheachadh inntinn so an uair a thàinig smaointeanan eile steach orm. Thàinig iomadh earrann dhe na bhiodh m' athair a' leughadh aig àm an aoraidh a dh' ionnsuidh mo chuimhne gun iarraidh gun sireadh. Cha ruig mi leas na h-earrannan so ainmeachadh, ged a tha cuimhne mhath agam orra; ach theagaisg iad dhomh gu 'm b' e mo dhleasdanas a bhith umhail agus riarichte le mo staid, agus feitheamh gu foighidneach ris gach ni a bha air òrdachadh dhomh ann an cùrsa an fhreasdail. Chuimhnich mi gu 'n cuala mi gu tric mu dheidhinn dhaoine do 'm b' eiginn a dhol troimh iomadh trioblaid is deuchainn ré an cuairt air an talamh, agus a bha air a' cheann mu dheireadh a' faicinn gu 'm bu mhath dhaibh gu 'n robh iad air an smachdachadh. Og, amaideach, agus aineolach 's mar a bha mi mu thimchioll nan trioblaidean lionmhor a tha buailteach do dhaoine, thuig mi gu'm b' e mo ghliocas cho math ri mo dhleasdanas an cupan a chuireadh 'nam làimh òl gun an tuilleadh gearain a dheanamh. Thiormaich mi mo shùilean,

[TD 195]

[Vol. 12. No. 25. p. 3]

agus dh' eirich mi 'nam sheasamh gu tilleadh cho cabhagach 's a b' urrainn mi.

An déigh dhomh ceum no dhà a dheanamh sheall mi thar mo ghuaille, agus thug mi an aire do dhithis mharcaichean a' tighinn air an socair fhein a nios am bruthach. An uair a sheas mi tiotadh agus a ghabh mi beachd na b' fhearr a ghabhail orra, thuirt mi rium fhin gu 'n robh an t-each a bh' aig fear dhiubh anabarrach coltach ris an each ghlas aig fear a' bhaile, ach o nach robh mi 'smaointean gu 'n robh e anns a' chuid ud dhe 'n dùthaich, lean mi romham sios am bruthach.

An uair a rainig na marcaichean mullach a' bhruthaich, ghreas iad na h-eich, agus ann am beagan mhionaidean rug iad orm.

Cha 'n urrainn domh cainnt a chur air cho toilichte 's a bha mi an uair a chunnaic mi Fear a' bhaile. Agus, a reir choltais, bha esan glé thoilichte mise fhaicinn; oir mar a dh' innis e fhein dhomh, bha e fo dhragh inntinn glé mhòr mu m' dheidhinn.

Leum e bhar muin an eich anns a mhionaid, agus rug e air laimh orm gu cridheil. Thainig an doctair air làr mar an ceudna, agus an uair a rug e air laimh orm, agus a dh' amhairc e orm gu geur thuirt e: "A Sheumais, ciod e tha 'cur ort an diugh? Tha mi 'g aithneachadh air d' aghaidh gu 'm bheil thu 'n déigh greis a thoirt air caoineadh. Nach d' iarr mise gu tric ort sgur dhe 'n obair sin. Ma tha toil agad fàs làidir, fallainn, feuchaidh tu ri bhith riarach le do staid, agus d' inntinn a chumail suas gu math. Is mò a ni inntinn shunndach, thoilichte de dh' fheum dhut na na tha de chungaidhean agamsa 'nam thaigh. Ged a thainig mi-fhortan 'nad rathad, tha h-uile aobhar agad a bhith glé thaingeil gu 'n do thachair dhut tuiteam ann an lamhan dhaoine a ghabh uiread de chùram dhiot 's ged bu leotha fhein thu. Tha sgeul' aig do charaid ri innseadh dhut a bheir toileachadh dhut; ach fàgaidh mi sibh a' comhradh ri 'chéile, agus gabhaidh mi air aghart." An uair a thuirt e so, chaidh e air muin an eich, agus mharcaich e air aghart gu cabhagach.

Choisich Fear a' bhaile agus mi fhin air ar socair gus an d' rainig sinn an taigh. Dh' innis mi dha, air iarrtus fhein, a h-uile car mar a thachair dhomh o'n latha dhealaich e rium. Agus an sin dh' innis e dhomh mar a fhuair e an leabhar-pòcaid, mar a ghabh e amhrus air an triùir a thachair ris anns an taigh-òsda, mar a thug an treas fear dhiubh seachad, fear dhe na puinn Shasunnach a bh' anns an leabhar, agus mar a thug a' cheart triùir ionnsuidh gharbh air fhein 's air an doctair anns a' choille an oidhche roimhe sid, agus mar a ghlacadh an treas fear dhiubh, agus a thugadh air falbh do 'n phrìosan e.

CAIB. XIV.

Leis a' chunntais a thug Fear a' bhaile dhomh mu dheidhinn an duine a ghlacadh, thuig mi gu 'm b' e a' cheart dhuine ris an d' earbadh mo thrèorachadh gu sàbhailte gu ruige Struidhleidh. An uair a dh' fheòraich e dhiom an aithnichinn e, thuirt mi ris, gu 'n robh mi 'smaointean gu 'n aithnichinn a cheann air a' chladach.

Bha sinn faisge air an taigh mu 'n do chuir sinn crìoch air na bh' againn ri ràdh. An uair a bha sinn suas thun an doruis, thainig fear an taighe am mach, agus chuir e failte cridheil air Fear a' bhaile.

Dh' aithnicheadh iad a chéile gu math, oir is minic a thachair iad ri chéile aig na maragaidhean.

Am measg gach comhraidh eile a bha eatorra air an fheasgar ud, thainig aca air iomradh a thoirt air mar a dh' éirich dhomhsa; agus bha fear an taighe 's bean an taighe glé thoilichte gu'n d' fhuaradh greim air fear dhe na rinn an t-olc orm. Agus bha h-uile dòchas aca gu 'm faighteadh greim air an dithis eile ann an ùine ghoirid.

Thairg Fear a' bhaile pàigheadh a thoirt dhaibh air son an dragha, agus na cosgais a ghabh iad riumsa; ach thuirt fear an taighe 's bean an taighe ris á beul a chéile, nach ruigeadh e leas guth tuilleadh a thoirt air a leithid. "Cha d' rinn sinne," arsa bean an taighe, agus i 'freagairt a rithist, "ach ar dleasdanas; oir tha e sgrìobhte: 'Gach uile ni bu mhiann leibh daoine 'dheanamh dhuibhse, deanaibhse a leithid dhaibhsan mar an ceudna; oir is e so an lagh agus na fàidhean.' Nan tachradh do m' mhac-sa tuiteam ann am measg an luchd-reubainn, agus a bhith air fhàgail leith mharbh, nach b' e mo mhiann gu 'n tigeadh neach eiginn an rathad a ghabhadh truas dheth, agus a dheanadh gach ni 'na chomas a chum a thoirt o'n bhàs? Agus nach bu chòir dhuinne dheanamh mar a rinn sinn? Cha b' ann a chum gu 'm faigheadh e pàigheadh air a shon a nochd an Samaritanach caoimhneas do 'n duine a thuit am measg an luchd-reubainn air an t-slighe eadar Ierusalem is Iericho, agus cha mhò na sin a b' ann air son pàigheadh a nochd sinne caoimhneas do Sheumas. Bu chruaidh an cridhe a bhiodh aig neach sam bith nach gabhadh truas ri duine a bhiodh anns an t-suidheachadh anns an robh Seumas an latha a fhuaradh ceangailte e. Cha robh fhios againne cò e de shluagh an t-saoghail. Ged a b' e an Turcach a bhiodh anns an t-suidheachadh anns an robh e, bu chòir truas a ghabhail ris, agus tròcair a nochdadh dha. Aig a' cheart àm, tha sinn fada 'nur comain-se air son pàigheadh a thairgse dhuinn."

Cha duirt Fear a' bhaile facal an uair a chual' e mar a labhair i. Thuig e, araon air a briathran, agus mar an ceudna air a gluasad, gu 'n robh i 'na boirionnach a bha 'feuchainn ri a beatha a chaitheamh ann an co-chòrdadh ri facal Dhé. Thug a briathran agus a gluasad a mhàthair gu 'chuimhne. Tha e air aithris, agus, tha mi 'creidsinn, le fìrinn, gu 'n robh a mhàthair 'na boirionnach cho diadhaidh 's a bh' anns an dùthaich. Mu 'n do dh' eug i thug i iomadh comhairle mhath airsan; agus gheall e dhi gu'm biodh e 'dol gu riaghailteach do 'n eaglais air an t-Sàbaid. Ach ged a bha e 'feuchainn ri bhith 'dol do'n eaglais gu math riaghailteach, cha robh e 'deanamh aoraidh

do Dhia idir. Bhiodh e mar bu trice 'smaointean air gnothaichean an t-saoghail so am feadh 's a bhiodh e gu stòlda 'na shuidhe anns an eaglais. Ach air an latha so thainig dòighean is comhairlean a mhàthar na bu treise fa chomhair na h-inntinn aige na rinn iad riamh roimhe. Thuirt e ris fhein nach do chuir e suim mar bu chòir dha anns an eiseimpleir a chuir i fa chomhair, agus anns na comhairlean a thug i air. Gun fhios gun fhaireachadh dha thainig na deòir o na suilean aige; agus bha car de nàire air an uair a dh' fhairich e iad a' ruith sìos le 'ghruaidhean, agus a b' fheudar dha a neapaiginn pòcaid a thoirt am mach gus an tioramachadh.

Thug fear an taighe 's bean an taighe an aire dha, agus ghabh iad ioghnadh gu leor; ach o nach robh mòran eòlais ac' air bu leasg leotha fheòrach dheth ciod a thug air a bhith 'sileadh nan deur. Ach b'i sid an uair anns an do thòisich comhairlean is teagasg is ùrnuighean a mhàthar ri toirt am mach toraidh 'na anam fo chumhachd an Spioraid Naoimh. Bha briathran an fhàidh Isaias a thaobh mar a bheir facal Dhé toradh am mach ann an àm iomchuidh air an coimhlionadh annsan air an lath' ud:—"Oir mar a thig an t-uisge a nuas, agus an sneachd o neamh, agus nach pill e an sin, ach gu 'n uisgich e an talamh, agus gu 'n toir e air fàs torach, agus toradh a thoirt uaithe, a chum gu 'm toir e siol dhasan a chuireas, agus aran dhasan a dh' itheas; is amhuil a bhitheas m' fhacal-sa a theid am mach as mo bheul; cha phill e do m' ionnsuidh gun tairbhe; ach coimhlionaidh e an ni a's aill leam, agus bheir e gu buil an ni mu 'n do chuir mi am mach e."

Thuirt fear an tighe: "Bha Seumas a' tairgseadh a dhol a dheanamh caran beaga de dh' obair aotruim anns a' ghàradh comhladh ris a' ghàradair, ach cha leigeamaid leis gus am biodh e gu math na bu treise na tha e, air eagal gu 'n deanadh e cron dha fhein. Ach thuirt an doctair ruinn au diugh, an uair a thaghail e, gu 'm faodadh e tòiseachadh ri beagan obrach a dheanamh air an ath sheachdain. Thuirt e gu 'm b' fhearr dha 'bhith ri beagan de dh' obair aotruim a chumadh 'inntinn air falbh na bhith gu brònach, trom, tùrsach mar a bha e'n diugh. Ach cha ghabh mise car dhe 'chuid obrach gu 'n tuarasdail riaghailteach a thoirt dha air a shon. Tha mi 'tuigsinn gur ann gus a dhragh anns an taigh so a phàigheadh a tha e cho toileach obair a dheanamh. Ach cha ghabh mise pàigheadh uaitheasan ann an obair na 's mò na ghabhas mi paigheadh uaibhse ann an airgid."

Bha iomadh comhradh eile eatorra an lath' ud nach d'innseadh dhomhsa; agus ged a bhithinn air a chluinntinn, cha bhiodh aobhar dhomh teannadh ri 'aithris an so.

Air an fheasgar ud, chaidh Fear a' bhaile agus mi fhin sgrìob am mach air feadh nam pàirceannan, far an robh crodh is eich is caoirich ag ionaltradh. An uair a chuir sinn cuairt orra, shuidh sinn greis a leigeadh ar n-analach, agus thug sinn greis air comhradh mu chaochadh nithean air nach ruig mi leis iomradh a thabhairt. Ach faodaidh mi na comhairlean a thug e orm ainmeachadh:—"A nis, a Sheumais," ars' esan, "bha fear an taighe ag innseadh dhomh gu 'n robh thu 'tairgse tòiseachadh ri obair anns a' ghàradh,

agus fhuair e am mach air dhòigh eiginn gu 'n robh toil agad obair a dheanamh ann an rathad a bhith pàigheadh na chuir thu de dhragh agus de chosgais anns an taigh; ach cha ghabh e car obrach uat air son do dhragha. Tha thu gus obair fhaotainn anns a' ghàradh air an ath sheachdain, agus gheibh thu tuarasdal riaghailte achair son d' obrach. Faodaidh tu an duine còir a phàigheadh gle mhath le bhith 'nad sheirbhiseach dìleas, dùrachdach. Gabh an tuarasdal a thairgeas e dhut, agus aig gach àm fastaidh, gabh an t-àrdachadh tuarasdal a chi e fhein iomchuidh a thoirt dhut; agus theid mi an urras nach caill thu air. Bi cho umhail do 'n ghàradair 's is urrainn dut. Tha e fada ann an seirbhis a mhaighstir. Coisnidh tu meas do mhaighstir a' cheart cho mòr le bhith umhail do 'n ghàradair 's a choisneas tu le bhith dìleas do d' mhaighstir. Tha 'n doctair ag ràdh nach freagair e ort idir, an deigh do thinneis, a dhol do Shruidhleidh 'nad ghille-bùthadh. Cha 'n 'eil obair air an t-saoghal a's fallainne na gàradaireachd; agus tha dòchas agum gu 'm bi thu cho làidir 's cho fallainn 's a bha thu riamh mu 'n tig ceann leith-bhliadhna."

"Thug mi mòran taing dha air son gach caoimhneas a nochd e dhomh, agus gach cùram a ghabh dhìom, agus thuirt mi ris gu 'n robh mi anabarrach toileach cead fhaotainn a dhol a dh' obair do 'n ghàradh. Agus gheall mi dha gu 'n deanainn a h-uile rud a b' urrainn domh a chum araon an gàradair agus mo mhaighstir a thoileachadh.

B' e am feasgar ud feasgar cho sunndach 's a chuir mi seachad o'n latha dh' fhalbh mi á taigh m' athar. Thuig mi gu math gu 'm b' fhearr dhomh gu mòr a bhith 'g obair anns a' ghàradh

[TD 196]

[Vol. 12. No. 25. p. 4]

air tuarasdal beag na bhith anns a' bhaile-mhòr air tuarasdal na bu mhò, far am biodh iomadh cosgais agus iomadh buaireadh a' tighinn 'nam rathad nach tigeadh nam rathad idir ann an àite sàmhach air an dùthaich. A bharrachd air a' sin, bha fhios agam co ris a bha mo ghnothach.

Bha mi air fàs gu math eòlach air a' ghàradair, agus dh' aithnich mi gu 'm bu duine glic, tùrail, caoimhneil a bh' ann. An uair a thòisich mi ri gluasad am mach as an taigh an déigh mo thinneis, bu tric leam greis dhe 'n ùine a chur seachad anns a' ghàradh, agus ann an taigh a' ghàradair. Bha bean a' gharadair anabarrach ciùin, caoimhneil gu nàdarra, agus bha truas mòr aice rium a chionn gu 'n robh mi 'nam choigreach anns an àite, ged a bha fhios aice nach robh éis sam bith orm far an robh mi, agus bha i glé caoimhneil rium. Cha robh de theaghlach aca ach aon nighean, a bha mu cheithir bliadhna na b' òige na mi fhin, agus bu tric leatha a dhol do 'n ghàradh far am biodh a h-athair. Bheireadh i mise an sid 's an so air feadh a' ghàraidh gus na dìtheannan bu bhriagha na cheile 'leigeadh fhaicinn domh.

CAIB. XV.

GUN fheitheamh gus an rachadh an dithis a theich do'n choille a ghlacadh, rùnaich an luchd-lagha gu 'm biodh cùirt air a cumail ann an Struidhleidh ann an ùine ghoirid. Bha car de dh' amhrus aca gu'n innseadh am fear a ghlacadh, co an dithis a bha 'na chuideachd an oidhche ghlacadh e. O'n a dh' fheumadh Fear Bhaile nan Slochd a bhith 'na fhianuis smaoinich e gu 'm bu cho math dha gun dol dhachaidh gus an rachadh a' chùirt seachad.

Cha robh eagal sam bith air gu 'n rachadh gnothaichean cearr aig an taigh; oir bha 'n gréidh-fhear a bh'aige na dhuine cho dòigheil, cho cùramach mu ghnòthach a mhaighstir, agus cho earbsach ri duine a b' urrainn a bhith; agus bha sin a' toirt socair-inntinn ach bu bheag do dh' Fhear a' Bhaile aig gach àm anns am biodh e air falbh o'n taigh.

An déigh dha beagan làithean a chur seachad ann an taigh mo mhaighstir-sa-oir dh' fhaodainn mo mhaighstir a radh ris, o'n a bha mi air fastadh a ghabhail aige-chaidh e gu ruige Struidhleidh.

Bha mise glé thoilichte le mo staid. Cha robh obair throm orm; agus bha i 'còrdadh rium anabarrach math. Bha mi air mo bhòrd ann an taigh a' ghàradair, agus cha robh éis sam bith orm. Bha mo bhòrd 's mo bhreacag agam a' cheart cho math 's ged a bhithinn ann an taigh m' athar.

An deigh do mhòran bhliadhnachan a dhol seachad, bidh mi gu tric a' smaointean air cho iongantach agus cho do-rannsaichte 's a tha freasdal Dhé. Bha mi 'nam òige air mo theagasg araon le comhairlean o fhacal Dhé, agus le eisimpleir mo phàrantan, a thaobh mar a tha làmh an Uile-chumhachdaich do ghnàth a' stiùireadh dhaoine troimh 'n chùrsa beatha sin a 's fhearr a fhreagras orra 'dol troimh fhàsach an t-saoghail so. Agus tha mi nis a' faicinn, nam faigheadh daoine an roghainn, nach biodh an cùrsa a roghnaicheadh iad fhein ann an co-chòrdadh ris a' chùrsa troimh am bheil an t-Athair neamhaidh 'g an treòrachadh o latha gu latha, agus o àm gu àm. Nan d' fhuair mise na bu mhiann leam, anns an àm anns an d' fhalbh mi a taigh m' athar, bha mi air a dhol a chaitheamh mo bheatha do'n bhaile mhòr; ach gu fortanach dhomh,—mar a tha mi'n diugh ag aideachadh, thachair nithean dhomh, ged a bha iad glé shearbh leam anns an àm, a thug aobhar taingealachd dhomh iomadh latha o'n uair ud.

Tha daoine 'òga, mar is trice, ro bhuailteach air a bhith 'gabhail barail àrd orra fhein agus air an gliocas. Ged a bheireadh seann duine comhairle orra, cuiridh iad, mar is trice, ann an suarachas i. Thachair so dhomhsa, mar a thachair e do iomadh duine 'òg a bha 'g iarraidh a thoil' fhein an uair a bha mi 'cur romham falbh do 'n bhaile mhòr. Mar a tha 'n sean fhacal ag ràdh: "Cha deanar duine glic ach air a chosg fhein."

Chaidh gnothaichean ann am aghaidh-sa anabarrach mòr, agus bu mhath dhomh gu 'n deachaidh. Nan d' fhuair mi mo thoil fhin, is dòcha gu 'n robh mi air tuiteam ann an iomadh peacadh agus truailleachd a

sgriosadh mo chorp agus m' anam.

Ged a rinn na chunnaic, agus na chuala, agus na dh' fhairich mi anns an teaghlach chòir a ghabh truas dhiom ann an latha mo thrioblaid drùghadh mòr agus maireannach orm, cha b' e na dh' fhoghlum mi o 'n t-seana gharadair dad bu lugha a rinn a dh' fheum dhomh. Cha b' e mhain gu 'n robh e gu cùramach ag ionnsachadh dhomh mar a dheanainn gàradaireachd; ach bha e 'gabhail gach cothrom air m' inntinn a tharruinn a dh' ionnsuidh nan teagasgan spioradail a bha ri 'm foghlum o gach obair a bha 'tighinn fa 'r comhair o latha gu latha, agus o àm gu àm.

Cha 'n urrainn domhsa na theagaisg e dhomh a chur sìos an so ann an òrduigh; ach innsidh mi beagan dhe na tha air chuimhn' agam fhathast dhe na bha e 'g ràdh rium.

"Chi thu," ars' esan, "mar a tha 'n duilleach a' teannadh ri fàs buidhe air na preasan, agus air na craobhan. Mar a tha fhios agad, thig an t-àm, agus cha 'n 'eil e fad' air falbh, an uair a thuiteas duilleag an déigh duilleig bhar gach craobh is preas anns a' ghàradh so, gus, mu dheireadh, am bi gach craobh is preas lom. Sin mar a thachras dhomhsa agus dhutsa. Tha maise, agus neart, agus beatha gach ni air an suidheachadh a réir rùn siorruidh an Ti a ta uile-ghlic. Tha mise 'gabhail beachd orm fhin, agus tha mi 'faicinn gu 'm bheil mi ag abachadh o latha gu latha air son na siorruidheachd; ach ged a tha thusa òg faodaidh tu a bhith anns an t-siorruidheachd romham fhathast. Tha beatha gach aon neo-chinnteach.

"An uair a bhios mise 'meangadh nan greòsaidean agus nan craobhan mheas eile, cha 'n 'eil mi uair sam bith ag ràdh rium fhin, co 'gheug a's sinne, no co 'gheug a 's òige. Gearraidh mi sìos geug an sid agus an so a réir mar a tha m' eòlas, agus mo ghliocas, agus mo thuigse a' teagasg dhomh. Faodaidh mise dhol cèarr, mar is minic a chaidh mi, ged a tha mi suas ri gàradaireachd o laithean m' òige; ach cha teid an Ti a ta uile-ghlic cèarr ann an ni sam bhith.

"A rithist, an àm a bhith 'cladhach anns a' ghàradh, tha mi deanamh m' uile dhìchioll a chum freumhan nan luibhean nadarra a thoirt as an talamh. An àite 'bhith 'g an tilgeadh air uachdar na talmhainn, far am faod iad le tuiteamas a bhith air am fàgail far an dean iad barrachd cron na rinn iad riamh roimhe, tha mi 'g an togail le m' laimh, agus 'g an cur ann an soitheach gus an tilg mi 'mach as a' ghàradh iad. Cha b' e so an dòigh a bh' agam an uair a thòisich mi an toiseach ri gàradaireachd; ach thuig mi o m' fhein-fhiosrachadh gu 'm b' e so an aon dòigh leis an rachadh agam air a' ghàradh a chumail glan. "Seachainn gach uile choslas uilc."

"Ma tha toil agadsa gàradh d' inntinn agus do chridhe a chumail glan, feumaidh tu na freumhan uilc a tha gu nàdarra ag éirigh suas na d' chridhe a spionadh as. Ged a tha lan-fhios agamsa gu 'm feum cumhachd a 's àirde na cumhachd duine a bhith 'g obair anns a' chridhe mu 'm bi e air a ghlanadh, gidheadh, cha 'n fhaod mi briathran an Fhir-Shaoraidh a chur an suarachas. So agad na briathran a labhair e mu thimchioll nam peacaidhean a tha gu furasda

'g iathadh mu 'n cuairt oirnn: "Ma bheir do shuil dheas aobhar oilbheum dhut, spion am mach i, agus tilg uat i: oir is fearr dhut gu 'n sgriosar aon de d' bhallaibh, na do chorp uile a bhith air a thilgeadh do ifrinn. Agus ma bheir do làmh dheas oilbheum dhut, gearr dhiot i, agus tilg uat i; oir is fhearr dhut gu 'n sgriosar aon de d' bhallaibh, na do chorp uile 'bhith air a thilgeadh do ifrinn."

"A nis, ma tha thusa toileach cùl a chur ris na h-uilc a tha gu nàdarra ag éiridh suas na d' chridhe agus 'na d' inntinn, cha 'n e mhain gu 'm bi thu 'g ùrnuigh ri Dia gu 'n cruthaich e annad cridhe glan; ach bidh tu a' seachnadh gach uile choslas uilc, agus a' dlùth leantuinn ris gach ni a tha math, mar a tha facal Dhé ag àithneadh dhut.

"Agus a rithist," ars' esan, agus e 'g amharc orm gu dlùth: "tha dealannan-dé, agus cuileagan bòidheach a' tighinn do 'n ghàradh, agus tha iad araon a' deanamh dolaidh mhòr anns a' ghàradh, agus a' toirt mòran saothreach dhomhsa. Tha na dealannan-dè so anabarrach briagha ri 'm faicinn. An uair a bha mise 'nam ghàradair òg, aineolach, an àite bhith 'cur as daibh, mar a bha mo mhaighstir ag iarraidh orm, is ann a bha mi 'gabhail tlachd ann a bhith 'g am faicinn ag itealaich air feadh a' ghàraidh. Bha iad cho maiseach ri 'm faicinn, le 'n sgiathan mòra, breaca, bòidheach 's nach dùiriginn a h-aon diubh a mharbhadh. Mu dheireadh thuig mi air mo chosg fhin nach robh annta ach creutairean sgriosail. Cha 'n fhàgadh an cuid àlaich duilleag dhe 'n chàl anns a' ghàradh gun itheadh. Tha mi nis a' feuchainn ri cur as dhaibh cho math 's a theid agam air.

"Cha 'n e mhàin gu 'm bheil iomadh freumh uilc anns na cridheachan againn; ach tha iomadh rud a tha glé mhaiseach do 'n t-sùil a tha mar an ceudna sgriosail do 'n anam. Tha 'n abstol ag ràdh gu 'n cuir Satan e fhein ann an cruth aingeal soillse a chum daoine a mhealladh. Seachainn mata," ars' esan, "a h-uile rud a tha tlachdmhor do 'n t-sùil, mur 'eil thu làn-chinnteach nach dean e cron ort gu spioradail.

"Tha 'n gàradh a' toirt iomadh teagasg fa 'r comhair. Is anns a' ghàradh, -gàradh a shuidhich Dia, -a fhuair an nàmhaid cothrom air a' cheud Adamh a lot le lot bàsmhor a' pheacaidh. Is ann an gàradh Ghetsemane, a bha gleachd anama ro chruidh aig an dara Adhamh. So mar a tha sgriobhte: "Agus an uair a thainig e do 'n aite (gàradh Ghetsemane) thubhairt e riutha: deanaibh ùrnuigh, a chum nach tuit sibh ann am buaireadh. Agus thàirneadh esan uatha mu thimchioll urchuir cloiche, agus leig se e-fhein air a ghlùinibh, agus rinn e ùrnuigh, ag ràdh. Athair ma 's toil leat, cuir an cupan so seachad orm; gidheadh, na b' i mo thoilsa ach do thoilsa gu 'n robh deanta. Agus dh' fhoillsicheadh dha aingeal o neamh 'g a neartachadh. Agus air dha 'bhith ann an cruaidh-ghleachd anama, rinn e ùrnuigh na bu dùrachdaiche: agus bha 'fhallas mar bhraona mòra fala a' tuiteam air an talamh."

"B' ann an gàradh a bha 'n uaigh anns an do chuireadh corp Iosa.

“Tha thu ‘faicinn mar so,” ars’ esan, “gu ‘m bheil gàradh a’ toirt a’ cheud Adhaimh agus buaidh an dara Adhaimh thairis air cumhachd peacaidh agus bàis, gun fhois fa chomhair d’ inntinn.

“Tha nèamh fhein air a shamhlachadh ri gàradh. Is e gàradh an t-eadar-theangachadh a tha air an fhacal, “parras.” Thuirt Iosa ris a’ ghadaiche a bha air a cheusadh ri ‘thaobh: “Gu deimhin tha

[TD 197]

[Vol. 12. No. 25. p. 5]

mi ‘g radh riut gu ‘m bi thu maille riumsa an diugh ann am parras.”

Mu ‘n teid mi na ‘s fhaide air aghart le mo naigheachd, feumaidh mi radh nach ann an aon latha a labhair an gàradair rium na dh’ innis mi. Agus nan robh mo chuimhne cho math ‘s a bha i aon uair, rachadh agam air mòran eile dhe na thuirt e rium innseadh. Ged a chuala mi iomadh fear a’ labhairt o ‘n chùbaid le briathran dùrachdach agus glic, gidheadh, cha d’ rinn briathran duine riamh barrachd drùghaidh orm na rinn briathran an duin’ ud. Agus diadhaidh ‘s mar a bha e, agus ro fhiosrach ann am facal Dhé, agus glé ghlic gu nadarra, cha ghabhadh e os laimh seasamh air ceann coinneamh, no facal earail a thoirt do choithional sam bith. Ach an uair a gheibheadh e cothrom air facal earail a thoirt dhomhsa, no do m’ leithid, labhradh e ruinnn ann an briathran gliocais. Bu mhath dhomhsa gu ‘n do chuir mi eòlas air.

(Ri leantuinn).

FIONNAGHAL DHOMHNULLACH.

FHAD ‘s a bhios meas air gaisge, tréubhantas, agus subhailc, bheirear iòmradh cliùiteach ann an eachdraidh air an ainnir uasail agus thréubhanta, Fionnaghal Dhòmhnulach, nighean Raonuill Mhic-Aonghais Oig an Airidh-Mhuilinn, ann an Uidhist a’ chinn a deas. Co riamh a chuala mu Phrionnsa Tearlach, nach cuala mar an céudna mar a theasairgeadh e, ‘n àm dha bhi ann am mòr-chunnart, leis an òigh ghaisgeil agus mhaisich a dh’ ainmicheadh.

Cha do mhothuich Prionnsa Tearlach riamh a chunnart féin gus an do chuireadh as d’a dhòchas air faiche fhuilteich Chùilfhodair. An sin chunnaic e gu’m b’ éigin da teicheadh le a bheatha! Ach c’ait an rachadh e, an uair a bha e air a chuirteachadh le naimhdibh a bha araon lionmhor agus leanaitheach? Smuainich e, nam biodh e ‘na chomas an t-Eilean Fada a thoirt a mach, gu’n tachradh long Fhrangach air a bheireadh as an rioghachd e. Leis an rùn so, dh’ fhàg e Mac-Shimidh na h-Airde, agus càirdean eile, aig tigh Ghoirtleig, agus thug e na beanntan air. Is lionmhor cruaidh-chas a dh’ fhuiling e, agus caol-théarnadh a rinn e, troimh choilltean, chreagan, agus gharbhlaichean, mu’n d’ ràinig e Arasaig; agus cha’n e ‘mhàin sin, ach bha deich mìle fichead punnd Sasunnach airgid-cinn as, agus bha so ‘na bhrosnuchadh mòr chum a bhrathadh. Bithidh e chaoidh ‘na

urram do Ghàidheil na linne sin, nach robh a h-aon' nam measg uile a bhrathadh e, ged bu bhochd an staid, agus ged bu mhòr an duais a ghealladh. Aig fagail Arasaig dha, ann an ochd-ràmhach fhosgailte, dh' éirich doinionn uamhasach-shéid na gaothan gu fiadhaich, shil na h-uisgeachan nan tuiltibh, dh' fhàs na tonnan anabarrach buaireasach, agus bha Tearlach òg agus a sgioba air an luasgadh air a' chuan ànradhach! Thuit an oidhche? agus feudar a ràdh d'a taobh, mar a thubhairt Oisein do thaobh na h-òidhche air an do "chruinnich an Fheinn, gu gu h-aoibhinn an talla Fhinn,"—

Bha'n oidhche doilleir, duaichnidh—
Torman speur mar chreig troimh sguirnich;
Uillt a' beucaich, taibhse 'sgreadail,
'S boillsge tein' o'n adhar bholg-dhubh."

Ach an déigh gach allaban agus àmhghar a dh' fhuiling e, agus gach gàbhadh agus cunnart troimh an deachaidh e, air muir 's air tìr, rinn e mach an t-Eilean Fada; agus fhuair e fàsghadh car tamuill bhig o Mhac-ic-Ailein agus a bhaintighearn, aig Ormacleith ann an Uidhist a' chinn a deas. Cha b' fhada, gidheadh, gus an d' fhuaradh a mach c'ait a thug e air; agus chum 's nach biodh e 'na chomas dol as, chuireadh mu dhà mhìle saighdear do 'n arm-dhearg a dh' ionnsuidh an eilein sin, a rànsachadh gach creige, sluichd, agus bothain, o cheann gu ceann deth! Os bàrr bha longan-cogaidh air an suidheachadh anns gach àite, chum nach rachadh sgoth no eithear do ghnè sam bith a mach o thir, anns am feudadh am fògarach rioghail an t-aiseag a ghabhail gu àit eile. Dh' fhàs cùisean cho cruaidh 's nach b' urrainn am Prionnsa bhì ùine sam bith gun ghréim a bhì air a dheanamh air, mur rachadh innleachd éigin a ghrad dhealbhadh chum a theasraiginn! Is iomadh innleachd air an do smuainich a chàirdean; ach bha tubaist éigin dlùth-cheangailte ris gach aon diubh, air chor 's nach freagradh iad! Ach, mu dheireadh, dhealbh baintighearna Mhic-'ic-Ailein innleachd a shoirbhich. Dh' àithn i am Prionnsa a sgeadachadh ann an éididh boirionnaich, a' smuaineachadh gu 'm feudadh e bhì gu 'm faigheadh e mar so as an eilean, ann an riochd ban-òglaich mnà uasail! Ach, chum soirbheachadh, bha dà nì cudthromach ri 'm faotuinn; agus b' iad sin, bean-uasal a ghabhadh os làimh gnìomh cho ro chunnartach a choimhlionadh, agus a rìs, cead faotuinn o aon do cheannardaibh an airm-dheirg chum an t-eilean fhàgail. Bha dà bhaintighearn òg san àm maille ri teaghlach Mhic-'ic-Ailein, ach dhiùlt iad cuid no roinn a ghabhail sa ghnòthuch. Ach co thainig chum an tighe ach an òigh cheanalta Fionnaghal, nighean Raonuill, a Baile-Mhuilinn, a dh' fhaicinn Mhic-'ic-Ailein, a caraid féin, oir cha d' rinn i ach tighinn dachaidh beagan roimh sin a Dun-éidin, far an robh i a' faotuinn gach eòlais a bha iomchuidh air a son mar mhnaoi uasail. Chaochail a h athair roimh an àm sin, agus bha a màthair pòsda an dara uair aig Uisdean Càrn Mac-Shomhairle, mhic Shéumais Mhoir, mhic Dhòmhnuille Ghuirm Oig, ann an Armadail 'san Eilean Sgiathanach; agus bha e aig a' cheart àm sin ann an Uidhist, 'na cheannard air cuideachd de Chloinn-Dòmhnuille as an Eilean Sgiathanach, a bha mach an aghaidh Thearlaich. Dh' innis baintighearna Mhic-'ic-Ailean do 'n ribhinn òig uasail an nì sin a bha 'na beachd, chum am Prionnsa a théarnadh o a nàimhdibh; agus chuir i a' cheisd oirre, an rachadh i ann an

cunnart air a shon. Fhreagair an òigh mhisneachail, agus thubhairt i
—“O nach bàsaich mise ach aon uair, tha mi uile-dheònach air mo
bheatha a chur an cunnart chum am flath rìoghail a shaoradh o’n
ghàbhadh anns am bheil e.” An uair a chuala baintighearn’ an tighe
so, bha i toileach air gu ’m faiceadh Fionnaghal am Prionnsa gu h-
ealamh, chum cuisean a mhineachadh dha; agus air an aobhar sin,
chaidh ceannard àraidh, d’ am b’ ainm O’Nèill, mar cheann-iùil
maille ris an òigh churanta gu Corrodail-àite creagach, fiadhaich,
agus uaigneach, far an robh uamh anns an robh am Prionnsa ’ga
fhalach féin! An uair a ràinig iad sin, fhuair iad e ’na aonar, agus
a’ deasachadh àirnean uain air na h-éibhlibh! Chlisg e an toiseach
le h-eagal, an dùil, gus am fac e co a thàinig, gu ’n robh na
saighdeirean-dearg air a mhuin! An déigh beagan comhraidh a dheanamh
ris a’ Phrionnsa, dh’ fhàg Fionnaghal e. Thaghail i aig tigh a
bràthar, an Airidh-Mhuilinn; agus, gu h-ealamh, thu i a sin
Ormacleit oirre, chum gach deasachadh iomchuidh a dheanamh airson a
turuis. Chaidh gille òg sgairteil maille rithe o thigh a bràthar, d’
am b’ ainm Niall Mac-Eachainn, a chaidh an déigh sin do ’n Fhraing
maille ris a’ Phrionnsa; agus b’ athair e do ’n Dòmhnallach
ghaisgeil sin a choisinn urram cho mor ann am blàraibh Bhonaparte,
's gu ’n d’ rinneadh e ’na “Dhiùc Tharentuim!” Fhuair Fionnaghal an
sin triall-chomas chum Uidhist fhagail o làimh a h-òide féin,
Uisdean Càrn Mac-Shomhirle-air a son féin-airson a gille, Niall Mac-
Eachainn, agus triùir eile, gu sgioba a dheanamh suas-agus, mar an
ceudna, airson a ban-òglaich, Betti Burke, ban-Eirionnach mhor, a
fhreagradh, nam b’ fhior i féin, gu ro mhaith mar bhean-sníomhaidh
d’a mathair ann an Armadail! Cha ruigear a leas innseadh gu ’m b’ i
a’ bhan-Eirionnach so am Prionnsa féin. Tha cuid ’sa bharaill gu ’n
robh fios aig Uisdean Cam air na cùisibh-gu’n robh e ’na chridhe air
taobh Thearlaich, agus gu’n do sgrìobh e litir chum a mhna le a
nighinn, a’ toirt deagh chliù air Betti Burke mar bhean-sníomhaidh.

(Ri leantuinn.)

Robinson Crusoe.

CAIBIDEAL XXII.

APRIL 22—Air an ath mhadainn thoisich mi ri smaointean gu dluth mu
thimchioll ciod an doigh anns am b’ fhearr dhomh oidhirp a thoirt
air an obair a chuir mi romham a dheanamh, ach bha mi gle eiseil as
aonais innealan. Bha tri tuadhannan mora agam, agus gu leor de
lamhagan (oir bha na lamhagan againn anns an luing gus am malairt
ris na h-Innseanaich), ach leis na bha mi deanamh de
shaigheadaireachd ’s de sgealbadh air fiodh leotha, agus de
ghearradh mheuran bhar fiodh a bha anabarrach cruaidh, bha iad lan
de bhearnachan agus gle mhaol. Ged a bha clach-gheurachaidh agam cha
b’ urrainn domh a cur mu’n cuairt agus na h-innealan a gheurachadh
aig a’ cheart am.

Chosg so uiread de smaointean dhomh ’s a chosgadh cuisean-riaghlaidh
do ard-fhear-riaghlaidh na rioghachd, no breith a thoirt a thaobh
beath’ agus bas duine do ard-bhreitheamh. Mu dheireadh chaidh agam

air cuibheal a dheanamh leis an cuirinn mu 'n cuairt a' chlach-gheurachaidh le m' chois mar a chuirear mu 'n cuairt cuibheal-shniomha, agus mar sin bha mi le mo dha laimh a' cumail nan innealan ris a' chloich.

Faodaidh mi ainmeachadh nach fhaca mi a leithid so de dhoigh riamh roimhe ann an Sasunn, no ma bha 'leithid ann cha tug mi an aire dha, ged a chunnaic mi o 'n uair ud gu 'n robh a leithid cumanta gu leor. A bharrachd air so, bha 'chlach-gheurachaidh gle mhor, agus gle throm, agus thug mi fad seachdain air obair air a' chuibhil mu 'n d' fhuair mi gu ceart air doigh i.

April 28, 29—Thug mi an da latha so air geurachadh nan innealan, agus bha 'n t-innleachd a rinn mi gus an geurachadh a' deanamh feum gle mhath.

April 30—Thug mi an aire gu 'n robh na bh' agam a dh' aran air fas gu math beag, agus chuir mi romham nach ithinn ach aon bhrioscaid a h-uile latha. Dh' fhag so mo chridhe gle throm aig an am.

Maidh 1—Anns a' mhadainn, air domh amharc rathad na mara, agus traigh mhor ann, thug mi an aire gu 'n robh rud air a' chladach a bha gle choltach ri barrailte. An uair a chaidh mi far an robh e chunnaic mi gur e barrailte anns an robh fudar a bh' ann. Ach bha e air an t-uisge a ghabhail, agus bha am fudar air fas cho cruaidh ri cloich. Ach air a shon sin chuir mi gu tir e.

[TD 198]

[Vol. 12. No. 25. p. 6]

Agus bha dha no tri de phiosan dhe 'n luing air a chladach mar an ceudna, mar a chuireadh gu tir iad leis an stoirm mhoir a bh' ann mu dheireadh..

An uair a sheall mi an rathad a bha 'n long, ar leam gu 'n robh i na b' airde os cionn na mara na b' abhaist dhi. Chaidh mi cho dluth dhi 's a b' urrainn domh, agus chunnaic mi gu 'n robh i ann an doigh iongantach air a h-atharrachadh as a h-aite. Ged a bha 'n toiseach aice, an uair a bha mi aice mu dheireadh, sia troidhean fodha anns a' ghainmhich, bha e air a thogail pailt sia troidhean an uachdar. Bha 'n deireadh aice air a bhristeadh o 'n chorr dhi le neart na mara, agus air a chur gu mor as a cheile. Thachair so, a reir choltais, beagan an deigh domh 'bhith air bord innte mu dheireadh. Bha 'n deireadh air a thilgeadh thun an dara taoibh, mar gu 'm b' eadh, agus bha a' ghainmheach air a tilgeadh suas cho ard air an taobh ud, 's gu 'm faodainn a dhol 'g a h-ionnsuidh dh' am chois an uair a bhiodh traigh mhor ann, ged a bhiodh agam ri cairteal a' mhile a shnamh an uair a thoisich mi ri dhol 'g a h-ionnsuidh an toiseach.

Chuir so ioghnadh mor orm an toiseach, ach ann an uine ghoirid thainig mi gu bhith dhe 'n bheachd gur e a' chrith-thalmhainn a b'

aobhar dha. Agus o 'n a bha 'n long mar so air a bristteadh na bu mho na bha i roimhe, bha moran de rudan a' tighinn thun a' chladaich a h-uile latha: oir bha 'n fhairge 'gam fuasgladh, agus bha a' ghaoth agus na tonnan 'g an iomain gu tir.

Thug so orm sgur a bhith 'smaointean air falbh as an aite anns an robh mi gabhail comhnuidh. Agus an lath' ud gu h-araidh, bha mi anabarrach trang feuch ciod a gheibhinn ri thoirt as an luing, agus a' rannsachadh gu math air a feadh; ach chunnaic mi nach b' urrainn domh dad fhaighinn ri thoirt leam o 'n a bha i lan de ghainmhich. Ach air a shon sin cha do chaill mi mo dhochas, agus chuir mi romham gu 'm feuchainn ris an luing a chur gu buileach as a cheile. Bha mi 'creidsinn gu 'n deanadh a h-uile rud a bheirinn aisde feum dhomh uair no uaireiginn.

Maidh 3—Thoisich mi leis an t-sabh, agus ghearr mi te dhe na sailthean a bha mi 'smaointean a bha 'cumail suas cuid dhe 'n dec aird; agus an uair a ghearr mi i, ghlan mi air falbh cho math 's a b' urrainn domh a' ghainmheach bhar an taoibh a b' airde dhe 'n luing; ach an uair a thainig an lionadh gu math a steach b' fheudar dhomh an obair a leigeadh dhìom an lath' ud.

Maidh. 4—Chaidh mi dh' iasgach, ach cha do ghlac mi aon iasg a dhuraiginn itheadh, ged a bha mi 'g obair gus an robh mi seachad sgith. Ach an uair a bha mi 'dol a sgur, ghlac mi iasg ris an abrar, "leumadair." Rinn mi driamlach math fada le snath cainbe, ach cha robh dubhain idir agam. Ach air a shon sin ghlac mi gu math tric de dh' iasg na b' urrainn domh itheadh. Bha mi 'g a thìormachadh ris a' ghrein, agus 'g a itheadh tioram.

Maidh 5—Bha mi 'g obair air an luing; ghearr mi sail eile, agus thug mi trì plancannan mora bhar na dec, agus an uair a cheangail mi ri cheile iad, leig mi gu tir iad an uair a thainig an lionadh.

Maidh 6—Bha mi 'g obair air an luing. Thug mi cuid mhath de dh' iarunn aisde. Dh' oibrich mi gle chruaidh, agus an deigh dhomh tighinn dachaidh 's mi gle sgith, bha mi 'smaointean nach rachainn 'na coir tuilleadh.

Maidh 7—Chaidh mi rithist thun na luinge, ach cha b' ann an duil obair a dheanamh. Agus chunnaic mi gu 'n robh i air a dhol as a cheile gu mor le a cudram fhein o 'na bha sailthean air an gearradh. Bha 'chuid mhor dhi air a dhol 'na cliathain, agus bha i cho fosgailte 's gu 'm faicinn na broinn; ach bhi i leith-lan de shaile agus de ghainmhich.

Maidh 8—Chaidh mi thun na luinge, agus thug mi leam geimhleag gus an dec a chur as a cheile. Thug mi leam da phlanca gu tir an uair a thainig an lionadh. Dh' fhag mi a' gheimhleag air bord gus an rachainn 'g a h-ionnsuidh an ath latha.

Maidh 9—Chaidh mi thun na luinge, agus an uair a chaidh mi sios innte agus a bha mi cnuasach air a feadh leis a' gheimleig, thachair barrailtean rium. Agus an deigh dhomh am fuasgladh as an aite anns

an robh iad, cha b' urrainn domh am bristeadh. Thachair an rolla luaidhe rium mar an ceudna, ach bha e cho trom 's nach b' urrainn domh a ghluasad.

Maidh 10, 11, 12, 13, 14—Chaidh mi a h-uile latha dhiubh so thun na luinge, agus thug mi cuid mhor de dh' fhiodh dhe gach seorsa aisde, agus mu dha no tri cheud-punnd a dh' iarunn.

Maidh 15—Thug mi leam da lamhaig feuch an rachadh agam air pios dhe 'n rolla luaidhe ghearradh leotha; ach o 'n a bha troidh gu leith uisge air 'uachdar cha b' urrainn domh buille cheart a bhualadh air leis an lamhaig.

Maidh 16—Sheid a' ghaoth gle laidir re na h-oidhche, agus anns a' mhadainn bha choltas air an luing gu 'n deachaidh i gu math na bu mho as a cheile le neart nan tonn. Ach stad mi uine cho fad' anns a' choille feuch am faighinn calamain 's gu 'n do chum an lionadh mi gun dol thun na luinge an lath' ud.

Maidh 17—Thug mi an aire gu 'n robh cliathain dhe 'n luing air a chladach mu dha mhile uam, agus chuir mi romham gu 'n rachainn far an robh iad, agus an uair a rainig mi chunnaic mi gur e piosan dhe 'n toiseach a bh' annta, agus gu 'n robh iad cho trom 's nach b' urrainn domh an toirt leam.

Maidh 24—A h-uile latha gus a' so, bha mi 'g obair air bristeadh na luinge, agus le saothair mhoir dh' fhuasgail mi na h-uiread leis a' gheimhleig. An uair a thainig an lionadh thainig aireamh de bhuideil, agus a dha de chisteachan nan seoladairean am mach aisde. Ach o'n a bha 'ghaoth bhar a' chladaich cha d' thainig dad gu tir an lath' ud ach beagan fiodha agus togsaid anns an robh feoil muice. Ach bha 'n fheoil air a milleadh leis an t-saile 's leis a' ghainmhich.

Lean mi air an obair so gus an 15mh de Iun, ach an uine a chuir mi romham a chaitheamh a' feuchainn ri biadh fhaotainn dhomh fhin. Bhithinn a' dol a shealgaireachd an uair a bhiodh am muir lan ann, a chum gu 'm biodh cothrom agam air a dhol a dh' obair an uair a bhiodh am muir-traigh ann. Mu 'n deachaidh an uine so seachad bha fiodh is iarunn gu leor agam gus bata math a dheanamh nam biodh fhios agam mar a dheanainn i. Agus fhuair mi mar an ceudna aig caochladh amannan, agus ann an caochladh aiteachan, dluth air ceud-punnd de luaidhe.

Iun 16—Thachair dhomh a dhol sios gu oir na tuinne agus fhuair mi air a' chladach seorsa eisg ris an canar "turtur." B' e so a' cheud fhear a chunnaic mi dhiubh, ach is ann agam fhin a bha 'choire; oir bha gu leor dhiubh ri fhaotainn mu 'n cuairt an eilean. Nan do thachair dhomh a bhith air taobh eile an eilean gheibhinn na ceudan dhiubh a h-uile latha, mar a fhuair mi 'mach 'na dheigh sid; agus is docha gu 'n do phaigh mi daor gu leor air an son.

Iun 17—Chuir mi seachad a' chuid bu mho dhe 'n latha 'deasachadh an turtuir. Fhuair mi tri fichead ugh 'na bhroinn. Ar leam aig an am

nach do bhlais mi feoil riamh cho milis 's cho blasda ris; oir cha robh agam o 'n a thainig mi air tir do 'n eilean ach feoil ghobhar agus eoin fhiadhaich.

Iun 18—Bha 'n t-uisge sileadh fad an latha, agus cha deachaidh mi am mach air dorus. Bha mi 'smaointean aig an am gu 'n robh an t-uisge na b' fhuair na b' abhaist, agus bha mi 'g am fhaireachadh fhin na b' fhuair na bu choir dhomh anns an aite bhlath ud.

Iun 19—Bha mi gle thinn, agus bha crithean a' tighinn orm, mar gu 'm biodh an t-side air fas fuar.

Iun 20—Cha d' rinn mi norradh cadail fad na h-oidhche. Bha mo cheann anabarrach goirt, agus bha mi lan fiabhruis.

Iun 21—Gle thinn. Cha mhor nach robh mi marbh leis an eagal a bh' orm gu 'n robh mo thinneas gus am bas a thoirt dhomh. Bha mi 'faicinn gu 'n robh mo staid muladach 's gun neach ann a dheanadh cuideachadh leam. Rinn mi urnuigh ri Dia air son a' cheud uair o 'n a rinn mi urnuigh an uair a bha long air an robh mi anns an stoirm faisge air Hull. Bha m' inntinn cho mor troimh a cheile 's nach robh fhios agam gu ro math ciod a bha mi 'g radh, no c'ar son a bha mi 'g a radh.

Iun 22—Bha mi beagan na b' fhearr; ach bha eagal mor orm roimh mo thinneas.

Iun 23—Bha mi gle thinn a rithist. Bha fuachd is crith orm, agus bha mo cheann goirt.

Iun 24—Gu math na b' fhearr.

Iun 25—Bha mi anabarrach tinn leis an fhiabhrus chritheanach. Bha mi fad sheachd uairean an uaireadair anns an t-suidheachadh thruagh so; uair a bhithinn teith, agus uair a bhiodh fallus na laige orm.

Iun 26—Bha mi na b' fhearr. O nach robh biadh agam a dh' ithinn, thug mi leam mo ghunna, ged a bha mi gle lag. Mharbh mi gobhar-bhoirionn, agus a' cheart air eiginn thug mi dhachaidh i. Rost mi rud dhi, agus dh' ith mi e. B' e mo mhiann an fheoil aice a bhruich agus brot a dheanamh, ach cha robh poit agam.

(Ri leantuinn.)

Feill na Samhna.

Is ann ri linn nan Druidhean a fhuair a' cheud latha de'n gheamhradh an t-ainm so. B'iad na Druidhean, ré iomadh linn, sagartan agus teallsanaich na Roinn-Eorpa.

Bha iomadh latha-fèill aca, ach b'iad an dithis a b'ainmeile an-t-Samhuinn agus a' Bhealltainn. Air latha Bealltainn, (mar tha am facal a' ciallachadh, Bheil teine, no Teine Bheail), bha gàirdeachas

mòr air a dheanamh. Bha teinntean air an lasadh air gach cnoc a b' àirde na chéile, a chur fàilt air teachd na gréine 'na teas agus 'na blàs. A' ghrian bha aca mar shamhladh air an dia Beal.

B'e 'n ath latha-féill a bha aca an t-Samhuinn, no an sàmhtheine, no teine-na-sìth. 'S ann air an latha so a choinnich na Druidhean anns an àite bu fhreagarraiche san dùthaich, a chumail mòd mòr, a shocruchadh gach connspoid, agus a réiteachadh gach comhstri. Air an àm so, bha gach teine 'san tìr air a chur as, agus bha e mar fhiachaibh air muinntir an àite air fad teachd a dh' ionnsuidh nan Druidhean a dh' iarraidh éibheil-bheothachaidh o'n teine bha air a choisrigeadh leòsan.

Ma bha aon duine 'san dùthaich ciontach ann an gnothuch olc air bith 'sa bhliadhna chaidh seachad, cha 'n fhaigheadh e srad do 'n teine choisrigte so gus an tigeadh i fo mheachainn nan Druidhean. Nan éireadh dha bhi co dàna 's cur an aghaidh so, bha e air a sgaradh a mach o bheannachd nan Druidhean-bìnn a b' eagalaiche na'm bàs. Cha robh e air a cheadachadh do neach air bith teine no fàrdach a thoirt daibh, no an caoimhneas a b' fhaoine thaisbeanadh dhaibh, air chor 's nach robh ach am bàs mu'n coinneamh mur géilleadh iad do na Druidhean.

[TD 199]

[Vol. 12. No. 25. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH NAR TAIGH-CEANNACHD AIR Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prìsean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

A. J. G. MACEACHUINN,
FEAR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
<eng>McDonald Building, Charlotte Street.<gai>

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>

FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.

<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stòr-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-0s cionn Stòr Harrington.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>
CORPAICHTH 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:
<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal.<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.
<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air
adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH
anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3½% 'sa
bhliadhna.

Bean an Uain.

LE BEAN ALASDAIR FHEARGHASDAN.

'S iomadh cnap, is meall, is caob,
A Ghaol, a bh' air do chéile,
O, nach iognadh leamsa riamh
Gu 'n d' thug Thu sion a spéis dhi,
'S gu 'n do chosg i dhut cho daor,
Mu 'n d' rinn Thu aon riut féin dhi;
Ach 's ise 's àille 'measg nam ban,
'Nuair rinn Thu bean dhut fhéin dhi.

'Nuair thug Thu 'h-éideadh bronnach dhi,
'S a ghlan Thu i o 'bréine,
Chuir Thu trusgan glan oirre-
Bu choltach ris a' ghréin i;
A brogan sud cha teirig iad,
Tha 'm buinn a dh' or na neamhan,
'S gu 'm faigh thu fàile cùbhraidh dhi
'Nuair thig dhut dlùth na h-éideadh.

Tha fàinne dh'an an or ud oirre,
'S cha'n 'eil coir aig téil' air,
Gu bheil clach ro bhoillsgeil ann,
'S gu'n dean an t-soills' ud feum dhi;
'Nuair a thig an oidhch' oirr'
Thig an t-soills' ud ann na h-eudann,
Sin cuimhnichidh i 'n gealladh ud
A thug a leannan fhéin dhi.

O cha'n 'eil banrigh Lunnainn ann
Cho urramach na h-éideadh,
'Nuair thig i mach na greadhnachas
Cha samhl' i dh'an an té ud.
Ar leamsa nach 'eil sgriobhadh air
Na bheil a bhrigh na seudan;
'S cha'n iognadh ged bu riomhach i,
'S i posd' aig Rìgh na neamhan.

Tha 'n talamh a toirt urram dhi,
Tha 'n talamh a toirt spéis dhi,
Ged a chaidh a mhallachadh
'Nuair thuit i ann na h-euceart;
'Nuair a thug an sruthan ud
A tuiltibh dubh gu léir leis,
Tha 'n talamh air a bheannachadh
Le banalachd na té ud.

'S ged tha tinneas dualach dhi,
A thaobh snaim-gruamain Adhamh,
Tha 'n Rìgh na léigh buadh-mhor,

'S e neo-thuasaideach na nàdar;
'S 'nuair a theid E 'shealltainn oirr',
Ged shaoileadh i 'm biodh ràs air,
'Nuair a thig E faisg oirre
'S ann bhios air faite gàire.

Chuala mise 'n conaltradh
A bh' aige rithe 'san fhàsach:
Mo cholaman, Mo bhean choimhlionta,
Mo phiuthar, Mo bhean ghràdhach!
An sin mhosgail ise
'S fhreagair i gun sgàth E:
O m' Uile anns na h-uile Thu!
M' Fhear furain is mo Ghràdh Thu!

Mo Shaighdear anns a' chogadh Thu!
Mo Ghaisgeach Thu nach fàilnich!
A cheannsaicheas mo naimhdean dhomh,
'S nach leig mi ann an gàbhadh;
'S e Fear mo ghaol an Saighdear ud,
Mo Rìgh, mo Shagart 's m' Fhàidh!—
'S 'nuair sheall mi cha robh fiamh oirre,
'S gu'n mhiannaich mi a h-àilleachd.

'Nuair sheall mi cha robh fiamh oirre,
'S gu'n mhiannaich mi a h-àilleachd,
Is ar leam ged a mhiannaich mi,
Cho cianail is a bhà mi,
'S nach b'urrainn mi 'thighinn suas rithe,
'Thaobh duanachas mo nàdair;
Sin ghuidh mi 'n trusgan uasal ud
A dh' fholaicheadh buan mo nàire.

O, dé mar ni mi cadal,
Dé mar ni mi éirigh,
Gun bhith agam barantas
A thrusgan glan na té ud;
'S mur bi ola na mo lamp'
'Nuair thig an t-àm dhomh éirigh
Gu dhol an còmhdhail Fear na Bainns'—
Nach b'e sud àm na h-éiginn!

O! cuimhnich Thus' orm,
A' Chruithfhear na neamhan,
'S deonaich 'sa cheud aiseirigh
Mo bheatha 'dheanamh aoibhneach;
'Nuair a thig an uair
An dean Thu suas do sheudan,
O, deonaich dhomhsa buaidh,
'S mar Bhean an Uain air m' éideadh.

Rinneadh an laoidh bhriagha so le bantrach Alasdair Fhearghasdan—
bean choir, dhiadhaidh, a tha fuireach le 'teaghlach ann am Milton,
C. B. Bu choir a cuid laoidhean a bhith air an cruinneachadh cruinn,

comhla 's air an cur am mach ann an leabhar. Tha iad tuilleadh is math air son an leigeil air di-chuimhne. Tha i 'na bean aig am bheil deadh chomasan inntinn agus 'na seinneadair ciatach. Cuiridh mi marbhrann a rinn i do'n t-soitheach-smùide Dorcas, a chaidh a dhìth le 'sgioaba gu léir o chionn dlùth air dusan bliadhna air cladach Nobha Scotia, gu MAC-TALLA air son an ath àireamh.

D. McP.

Mali Bheag, Og.

Am measg ar cuid oran gu léir cha 'n 'eil moran a bheir bàrr air an oran thiamhaidh ris an abrar "Màli bheag, òg." Chluinnteadh gu ro thrìc 'ga sheinn e o chionn linn is linn gu sonraichte ann an Earraghaidheal. Gheibhear eachdraidh an orain air a chur sios ann an cainnt ro shnasmhor ann an "Cuairtear nan Gleann." Tha e coltach gu 'n do rinneadh e le fleasgach og Eirionnach d' am b' ainm Lachann Ogai, o chionn ùine ro mhor. Bha Lachann an geall a chridhe air maighdinn àillidh, nighean do cheann-teaghlaich àrd, agus cha robh a gaol-se dhàsan a bheag air deireadh. Choinnich iad gu tric; dh' aidich iad an gaol d'a chéile, agus gheall iad, ciod sam bith a thigeadh 'san rathad, nach mealladh iad a chéile gu bràth. Ach, gu mi-fhortanach bha esan bochd, agus cha robh a chridh' aige iomradh a thoirt an làthair a càirdean air a posadh. Ghabh e 'san arm far an do dhearbh e gun dàil gu'n robh fuil ghaisgeil a' ruith 'na chuislean. Dh' éirich e ceum air cheum gu bhith na oifigeach àrd agus measail. Air dha 'bhith a' cogadh ann am Flànras, air tir-mor na Roinn-Eorpa, fhuair e cead tighinn dhachaidh a choimhead a chàirdean; agus ma thàinig cha robh e fada a' ruigsinn an àite far an robh rùn a chridhe, Màli bheag, og. Ma bha i àillidh an uair a dh' fhalbh e, bha i deich uairean na b' àillidhe a nis; cha robh boinne-fala 'san tir gu léir ri choimeas rithe. Fhuair e i cho dìleas agus a gheall i; bha i air gach tairgse eile a dhiùltadh, agus choinnich i e le bàigh agus le gaol a cridhe. Ach cha robh fhathast math guth a thoirt air posadh. Is e a bh' ann gu 'n do chuir iad romhpa ruith air falbh. Thog iad orra gu h-uaigneach air oidhche Di-sathuirne. Dh' ionndrainn a muinntir i moch madainn Di-domhnaich, agus ghrad chuireadh buidheann air an tòir. Lorgaich iad iad gu gleann sgàileach anns an robh iad air stad a leigeil an analach. Chuir an saighdear roimhe nach dealaicheadh e ri 'leannan fhad 's bu bheo e. Bha e, mar thuirt sinn, na dhuine gaisgeil agus na fhear-claidheamh comharraichte. Anns an iorghuill a thachair, air do chàirdean na h-òg-mhna greim a dheanamh oirre chum a h-éigneachadh air falbh leò, thàinig buille a dh' aom e air aon diùbhsan a nuas air ceann a leannain, agus thuit i marbh air an làr. An uair a chunnaic e so striochd e dhaibh. "Chaill mi nis," ars' esan, "mo chuid an t-saoghal mhor, agus tha mi suarach ciod a thachras." Chaidh a chur am prìosan; agus is ann 'san àite sin, agus e fo bhinn bàis a rinn e an t-oran blasda so. Cha do chuireadh gu bàs Lachann bochd-chaidh e as a bheachd. Thainig e a nall do dh' Albainn, agus bha e fada air feadh Chinn-tìre a' siubhal o àite gu àite. Bha e na fhior dhuin'-uasal, na shàr sgoileir, agus e dreachmhor, eireachdail na dhealbh. Bha muinntir Chinn-tìre agus

Earraghaidheal fad iomadh bliadhna mion-eòlach air fhéin agus air eachdraidh a bheatha. Tha e air a ràdh gur e fonn Eirionnach a tha air an oran. Cha 'n 'eil teagamh sam bith nach 'eil e fìor choltach ris an fhonn Eirionnach " Gradh-mo-chrì," no "Moli-a-stòr."

MALI BHEAG, OG.

Nach cruaidh leat mi bhith 'm prìosan?—
Mo Mhàli bheag, og,
Do chàirdean a' cur binn orm,
Mo chuid an t-saoghal mhor;
A bhean nam basan mìne,
'S nan gruaidhean dearga, lionta,
Is tu nach fàgadh shìos mi
Le mì-run do bheòil.

Di-domhnaich anns a' ghleann duinn,
Mo Mhàli bheag, og,
'Nuair thoisich mi ri cainnt riut,
Mo chuid an t-saoghal mhor,
'Nuair dh' fhosgail mi mo shùilean,
'S a sheall mi air mo chùlaobh,
Bha marcaich' an eich chrùdhaich
'Tigh'nn dlùth air mo thoir.

Is mise bh' air mo bhuaireadh,
Mo Mhàli bheag, og,
'Nuair thain' an sluagh mu 'n cuairt duinn,
Mo ribhinn ghlan, ùr;
Is truagh nach ann 'san uair ud
A thuit mo lamh o m' ghualainn,
Mu 'n d' amais mi do bhualadh,
Mo Mhàli bheag, og.

Nach boidheach leibh a dh' fhàs i?—
Mo Mhàli bheag, og,
Mar lili anns an fhàsach,
Mo cheud ghràdh 's mo rùn.
Mar aiteal ciùin na gréine,
Dol seachad anns na speuran,
B' e sud do dhreach is d' eugas,
Mo Mhàli bheag og.

Do mheura fada, caola,
D' fhalt cuachach mar an t-òr,
Do dha chaol mhala mhìne,
Mar ite dheas an eoin;
An t-sùil bu ghlaine léirsinn,
Am beul bu bhinne 'leughadh,
'S a h-uile math da réir sin
Air Mhàli bheag, og!

Cha'n iarrainn leat crodh bailgionn,
No airgead, no or;

No deadh-ghean do chairdean,
Ge laidir an seors;
Dh' iarrainn bhith cho dearbhte,
'S a chaidh mu 'm faicinn fearg ort,
Gu'n siubhlainn leat an fhairge,
Gun dealg ach da bhord.

Shiubhlainn leat an saoghal,
Mo Mhàli bheag, og,
Cho fada 's cùl na gréine,
A gheug is àille gnùis!
Ruithinn agus leumainn,
Mar fhiadh air bhàrr nan sléibhtean,
Air ghaol gu'm biodh tu réidh rium,
Mo Mhàli bheag, og.

Is truagh a rinn do chairdean,
Mo Mhàli bheag, og,
'Nuair thoirmisg iad do ghradh dhomh,
Mo chuid an t-saoghal thu;
Na 'n tugadh iad do lamh dhomh,
Cha bhithinn air an àm so
Fo bhinn air son mo ghraidh dhut,
Mo Mhàli bheag, og.

[TD 200]

[Vol. 12. No. 25. p. 8]

Amhairc an So!
'san ath aireamh airson
SANAS UR
bho
<eng>The Canadian Bank of Commerce
Sydney, C. B.
P. C. STEVENSON, MANAGER.<gai>

Cha teid mi do na bhuaile,
Mo Mhali bheag, og,
Far am bi na cuachagan
A' sior sheinn le ceol;
Ged bhitheadh iad ga m' luaidh riut,
Cha charaich is cha ghluais thu,
Och mise 'nochd, mo thruaighe!
Mo Mhali bheag, og.

Nach cruaidh leibh fhein mar dh' éirich
Do m' Mhali bhig, oig-
A cur an ciste chéirich-
Mo chuid an t-saoghal mhor!
Ged lionainn-sa Loch Eireann
Le deoir mo chinn 'ga reubadh,

Cha charaich is cha 'n éirich
Mo Mhali bheag, og.

Ged bheirteadh mi o'n bhàs so,
Mo Mhali bheag, og,
Cha'n iarrainn tuilleadh dàlach,
Mo cheud ghradh 's mo rùn;
B' annsa 'n saogh'l so 'fhagail,
'S gu'm faicinn d' aodann gradhach,
Gun chuimhn' bhith air an la sin
'S an d' fhag mi thu ciùrrt'.

Oran.

Bhi 'gan cuimhneachadh 's 'gan ionndrainn,
Na fir ùr a dh' fhalbh thar sàile;
Bhi 'gan cuimhneachadh 's 'gan ionndrainn.

'S ann Di-luain a dh' fhalbh na fleasgaich,
'Sa ghabh iad an cead d' an cairdean,

'S gu'm b'e sud a' chuideachd rioghail,
B'onair iad do'n tìr a dh' fhàg iad.

Caiptin Donnachadh, mac Mhic-Dhùghaill,
Leis an d' fhalbh na fiùran àluinn,

'S nam bu mhac thu mar an t-athair,
Dheanadh tu'n toirt dachaidh sàbhailt.

'S bhiodh tu ghéidhteach air do dhaoine,
'S cha b' chùis fhaoin an toirt bho d' lamhan.

'S o'n 's e Donnachadh lamh bu chruridhe,
'S tric a a fhuair e buaidh air nàmhaid,

'S tric a fhuair e buaidh le onair-
'S ann tha cothrom aig an dràst oirr',

Le chuid ghillean sgairteil, gleusda,
Làidir, reubhairteach, neo-sgàthach.

Théid iad uile deas 'n an tarraing,
Grad mar dhealanach gu làmhach.

'S geal an claidheamh 's an crios-guaille-
Dh' éireadh buaidh le sluagh mo ghràidh-sa!

Anns a' h-uile càs a's cunnart,
'S mòr an t-urram fhuair na Gàidheil.

Dh' fhàgadh iad na Goill gu h-ìosal,
Cuid 'n an sìneadh 's air am màgan.

Ogh' Iain Chiar a bha 'n Dun-Olla,
Rachadh togarrach 's na blàraibh.

'S iomadh fear a laidh 's nach d' éirich,
Dh' innseadh sgéil an déigh do làimh-sa.

'S b'ann diubh 'n robair ruadh bha 'n Eirinn;
Chuir thu ceann na béisd 's a' mhàileid.

'S thug do ghill' e 'thigh Iarl Antruim,
'S chroch air sreing e ris a' chlàraidh.

'S ann Di-luain a dh' fhalbh na gillean,
'S leam bu mhillis an deoch-slàinte.

Duanag.

LEIS AN LIGHICHE MAC LACHAINN.

LUINNEAG.

O, seinnidh mi mo dhanag,
Seinneam, seinneam suas i;
Seinnidh mi do'n ghruagaich
G'am bheil an gluasad farasda.

'S moch a rinn mi éirigh
'Sa mhadainn chùbhraidh chéitein,
Gathan ciùin na gréine
A' lasadh speur 'sa chamhanaich.

A' ghrian cho tlath 's cho oirdhearc
A' soillse aird nam mor-bheann,
Smùid thar dhealt nan lointean,
'S an drùchd 'na lod air mheanganan.

Sud e air an stùchd ud,
An coileach dubh a' dùrdail;
So i 'chuthag shunndach,
Sùrd aic' air caiseamachd.

Feuch an uiseag bhoidheach
Ag éirigh as a' mhointich,
'S ag itealaich le solais
Os cionn a còsaig fholaichte.

Tha seillein beag na bealltuinn
'Dol seachad oirnn is srann aig',
A thrusadh a mhil shamhraidh,
'S cha chuir an geamhradh ainnis air.

Bho'n thuit dhomh bhi 'sa chòisridh,
Seinneam leis a' cheòlraidh-
Seinneam duan do 'n òigh ghil,

Gu sundach, deonach, caithreamach.

'S e smuainteachadh mu'n mhaighdinn
Is àbhaist dhomh gach oidhche—
A' cuimhneachadh do chaoimhneis,
'S e chum an raoir am chaithris mi.

Tha d' anail leam na's cùbhraidh',
'Nuair labhras tu gu ciùin rium,
Na 'm barrach og a' brùchdadh
A mach le tùis na meala dheth.

Ach cia mar ni mi luaidh
Air a' h-uile dreach is buaidh ort?—
Do nàdar geamnaidh, stuama,
Gu soitheamh, suairce, ceanalta.

Cinnteach tha e 'n dàn domh,
An gaol a thug mi mhain dhut,
Nach dealaich e gu brath rium
Gus am fàg an anail mi.

O, sonas agus àgh ort,
Ri fad do ré 's do laithean!
'S am Freasdal anns gach aite
Le 'ghràsan a bhi maille riut.

Cronan a' Ghille Mhuilich.

Sud an rud a thogadh m' fhonn,
Crònán a' ghille Mhuilich;
Sud an rud a thogadh m' fhonn,
Cronan a' ghille Mhuilich,
Cronan a' ghille mhaoil,
Cronan a' ghille Mhuilich,
Amaideachd a' ghille mhaoil,
Faoinéis a' ghille Mhuilich.

Sud an rud a thogadh m' fhonn,
Cronan a' ghille Mhuilich;
Sud an rud a thogadh m' fhonn,
Cronan a' ghille Mhuilich;
Sud an rud a thogadh m' fhonn,
Cronan a' ghille Mhuilich;
Sud an rud a thogadh m' fhonn,
Cronan a' ghille Mhuilich.
'S aighearach an gille maol,
'S aoidheil an gille Muileach;
Caileagan a h-uile taobh
An gaol air a' ghille Mhuileach.
Sud an rud a thogadh m' fhonn,
Cronan a' ghille Mhuilich;
Sud an rud a thogadh m' fhonn,

Cronan a' ghille Mhuilich.

ANNS AN STOR UR

LE STOC MOR DE DH

Uaireadairean, de Sheudan 's de Ghloineachan Sula

ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE

air Sraid Shearlot.

<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

A' Ghailig:

"'S i labhair Adhamh

Ann am Parras fein."

"'S i a's fearr gu togail inntinn

Le binn-ghuth comhraidh tlath,

'S i a's sgaitiche gu mi-mholadh

'S a's mine 'nochdas gradh;

'N am cruinneachadh nam miltean

Le piob gu iomairt lann,

'S i a dhuisgeadh colg air oigridh,

'Nuair 'thogteadh srol ri crann."

-Donnachadh Bàn.

Cuir a dh' iarraidh "Mhic-Talla."

<eng>Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

[Dealbh]

A. J. BEUTAN,

(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an

so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>
Sidni, Feb. 8, '01.
A. J. BEUTAN.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.
J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "pholicies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.
M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.
<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

NIALL MacFHEARGHAIS,
Ceannaiche Taillear.
Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a' sùire.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glasan
Tairnean

Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

Mac-Talla.
Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.
Bliadhna, \$1.00
Tri Miosan, .30
Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchda gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26. no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>

[TD 201]

[Vol. 12. No. 26. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

Vol. XII. SIDNI, CEAP BREATUNN, DI-HAOINE, IUN 24, 1904. No. 26.

Facal 'san Dealachadh.

LEIS an àireamh so tha MAC-TALLA a' crìochnachadh a thuruis. Mar chaidh a ràdh cheana, tha barrachd is aon aobhar air sin a thachairt; ach gheibhte buaidh air gach aobhar a th'ann ach an t-aon, nach eil na's leòir de na Gàidheil a' gabhail a phaipeir. Anns na ceud bhliadhnaichean bha moran chàirdean aige a chuidich leis le sgriobhaidhean 's le faighinn luchd-gabhail ùra dha. Ach an ceann ùine sguir sin ann an tomhas mor; cha robh de luchd-sgriobhaidh aige ach an fheadhain dhìleas nach tréigeadh e fhad 's a bhiodh an anail ann, 's cha robh ach duine ainneamh a ghabhadh de dhragh na rachadh a shireadh luchd-gabhail ùra. Bha moran eudmhor d'a thaobh fhad 's a bha e ùr, annasach, ach 'nuair chaidh e seachad air 'ùiread is 'annas, theirig an t-eud. Cha robh àireamh an luchd-gabhail riamh thairis air tri no ceithir ceud deug, agus ré nan ceithir no coig

bliadhna mu dheireadh cha robh bhar aona ceud deug ga ghabhail. Agus 'nuair a dh'innsear nach d'fhàinig a stigh o'n luchd-gabhail a bhliadhna b'fhearr a chunnaic e ach mu dheich ceud gu leth dolair, suim nach pàidheadh cosdas a' chlà-bhualaidh, thigidh an ti a bhreithnicheas nach robh moran dòigh air a chumail air adhart. Airson MAC-TALLA a chur a mach uair 'san da sheachdain cha b'fhuilear air a chuid bu lugha da mhìle, fear-gabhail a bhi aige. Dh'fhaodadh sin a bhi aige ged nach biodh ann de luchd-leughaidh Gàilig ach na th' air eilein Cheap Breatuinn; ach 'nuair nach faighear an àireamh sin air fad is leud an t-saoghail, cha'n urrainnear tighinn gu co-dhùnadh sam bith eile ach nach eil paipeir Gàilig a dhìth air na Gàidheil, gu bheil iad riarraichte le bhi comharraichte mar an aon chinneach Criosdail a th'air thalamh nach cosd ri paipeir a chumail suas na'n cainnt féin.

Tha sinn gu mor an comain nan càirdean a chuidich leinn ann an dòigh sam bith, gu h-àraidh iadsan a bha o àm gu àm a sgriobhadh. Tha sinn duilich air an sgàth-san nach eil MAC-TALLA ri mairsinn. Na'm biodh dòchas againn gu'n rachadh cùisean na b' fhearr leanamaid air; na 'm faigheamaid dearbhadh gu robh àireamh a dh' fhóghnadh de ne Gàidheil iarratach a chumail suas, bheireamaid ionnsuidh eile air. Ach gun dearbhadh no dòchas, cha'n urrainn duinn ni eile dheanamh aig an àm so ach, le mor dhuilichinn, a leigeil bàs.

Ite Shuaicheantais Prionnsa Wales.

Tha fios aig moran d'ar luchd-leughaidh gu bheil an suaicheantas féin, agus an gearradh arm féin, aig gach teaghlach àrd, agus gach fine 'san dùthaich-mar tha an leóghan 's an làmh-dhearg aig Clann-Dòmhnuille; na tri chasan, an caisteal, agus ceann an tairbh aig Cloinn-Leòid; cabar féidh aig Cloinn-Choinnich, agus mar sin sìos. 'S e suaicheantas Prionnsa Wales, trí itean àrd an eoin ris an canar an Sruth <eng>(Ostrich);<gai> a h-aon de na h-itean so a' seasamh dìreach suas o chlàr an aodainn, air a' bheirt-chinn, agus a h-aon eile a' lùbadh air falbh o gach taobh dhi so; agus 'se am facal suaicheantais, <eng>Ich Dien<gai>-da fhacal Ghearmailteach, a ciallachadh, "Tha mise 'seirbhiseachadh," no a' frithealadh, no fo ùghdarras.

So an doigh air an d'fhuair an ceud Phrionnsa Wales so:-Anns a' bhlàr iomraideach sin ris an canar Blàr Chressy, a chuireadh eadar rìgh Shasunn agus rìgh na Frainge, anns a' bhliadhna 1346, air machair fharsuing 'san Fhraing, far na chuir deich mìle fichead Sasunnach an ruaig air ceud mìle Frangach, thachair e gu'n robh am prionns' og, mac an rìgh, ann-Prionnsa Wales-esan d'an robh mar fhrith-ainm, "Am Prionnsa Dubh," a chionn gum bu deise dhubh a b'abhàist da bhi 'caitheamh. Chomharraich an flath og so e féin gu mor air an latha sin. Cha robh àite 'n do thaisbean se e féin nach do theich na Frangaich roimhe; leag e iad thall 's a bhos, agus thuit na gaisgich a b'ainmeala san Roinn-Eorpa fo 'chlàidheamh cumhachadh. Bha aon seana ghaisgeach [?] 'sa bhlàr, rìgh Bohemia. Bha e aosmhor, dall; ach thug e srian an steud-eich air an robh e 'marcachd do shaighdear a bha r'a thaobh, agus cha b' urrainn doibh

a chumail a mach as a' bhlàr. Fhuaradh e am measg nam marbh, 'nuair bha 'm blàr seachad. Bha na trì àrd-itean geala 'na chlogaid mar shuaicheantas. Thug am Prionns' og a chlogaid de'n t-seana ghaisgeach; chàirich e a' cheann-bheairt so air a cheann fein, leis na facail so air an deargadh oirre, <eng>Ich Dien;<gai> agus riamh o'n àm sin, 'se so is suaicheantas do Phrionnsa Wales, oighre Bhreatunn.

Faodar, o'n tha sinn a' labhairt mu Bhlàr Chressy, a ràdh gu 'm b'e so a cheud bhlàr anns an robh gunnacha-mora <eng>(Cannon)<gai> riamh air an cleachdadh; agus anns an teine mhor a bha ann an Tùr Lunnuinn, loisgeadh, leaghadh agus mhilleadh ceud do na gunnacha-mora a ghiaic na Sasunnaich 'sa bhlàr so, agus a thug iad a nall 's a chuireadh san Tùr mar chuimhneachan air a' bhlàr ainmeil so.

Saoibhreas.

Tha suidheachadh àrd anns an t-saoghal, agus moran saoibhreis 'nan cunnartan mora do dh' anamaibh dhaoine. Tha moran dhaoine 'g iarraidh nan nithean so aig nach 'eil fhios air na cunnartan a tha 'nan lorg. Tha inbh' àrd agus saoibhreas a treorachadh dhaoine 'dh' ionnsuidh iomadh buaireadh. Tha iad gu tric a' lionadh a' chridhe le uabhar, agus a toirt air daoine an aigheadh a shuidheachadh air nithean talmhaidh.

"Cia deacair dhaibhsan a tha 'cur an doigh ann an saoibhreas a dhol a steach do rioghachd Dhe!"

Am bheil farmad againn ris na daoine a tha saoibhir agus a th' ann an suidheachadh àrd? Am bheil sinn ag radh uireannan 'nar cridheachan, "Oh, nach robh mise ann an aite nan daoine saoibhir ud, agus nach robh an inbh' ard agus am maoin agam?"

Thugamaid an aire nach bi sinn a' toirt aite do leithid so de smaointeanan. Is docha gu'm bheil an saoibhreas air am bheil sinn cho mor ann an geall a' tarruinn na muinntir aig am bheil e beag air bheag sios do dh' ifrinn. Dh' fhaodadh beagan a bharrachd airgid air na bheil againn a bhith 'na mheadhain air ar n-anaman a sgrios. "Thugaibh an aire, agus gleidhibh sibh fhein o shannt." "Bithibh riarraichte leis na nithean a tha agaibh."

A dh' aindeoin na bhios de shaoibhreas aig daoine, feumaidh iad falbh as an t-saoghal so, agus an saoibhreas air an robh an cridheachan, ma dh' fhaoidteadh suidhichte, fhagail 'nan deigh. Cha toir saoibhreas mòr fois do'n anam no do'n inntinn anns an t-saoghal so. Ach tha saoibhreas feumail 'na aite fhein, an uair a nithear feum math dheth. Chruthaich e air son feum an duine; ach tha'n duine 'deanamh droch fheum dheth gu tric mar a tha e 'deanamh de dh' iomadh rud math eile a chruthaich Dia air son fheuma.

Thugamaid fa near gu 'n do chuir Iosa seachad a bheatha gun taigh, gun dachaidh, gun airgid, gun or, agus gu'n d' rugadh e ann an inbhe cho iosal ri duine 'rugadh riamh air an talamh. Ged a bhios

meas mor aig daoine oirnn ma bhios gu leor dhe'n t-saoghal againn,
cha bhi meas sam bith aig Dia oirnn mur bi an sauibhreas fìor
againn.

Bha fionnan feòir ann roimhe so, a bhuilich làithean an t-samhraidh
ann am faoin shùgradh, leis nach d' rinn e solar iomchuidh airson a
lòn geamhraidh. Bha e an cunnart dol bàs le gorta, gun ni air bith
aige a dh' itheadh e. Anns an airc so rinn e ghearan ris an t-
seangan, a chionn gu'm b' fhiosrach e gu'n robh am pailteas lòn
aige-san, agus dh' asluich e càileiginn fhaotainn uaithe, a chumadh
beò e, gus an d' thigeadh an t-Earrach; a' gealltuinnn gu fìrinneach
gun ath-dhìoladh e a chomain. Cha bu deòin leis an t-seangan riamh a
bheag a thoirt seachad an iasad. Tha 'n seangan do ghnath cruaidh,
neo-thabhartach. Thuirt e ris an aon eile:-

"Ciod a bha thu deanamh fad an t-samhraidh?" "Bha a' mireag agus a'
gabhail orain," ars' an seangan. "Ro mhath-tha uait a nis dol a
dhannsa."

Is ann mar so a bhios iadsan a mhi-bhuilch àm na h-oige; cha deanar
ach tàir agus magadh orra ann an la na h-airc.

Ma bhios tu 'dol a chur uisge glan ann an soitheach anns am bheil
uisge salach, dòirtidh tu an t-uisge salach as an toiseach, agus an
sin cuiridh tu an t-uisge glan ann. Mar so tha Dia a' deanamh:
doirtidh e mach as an duine gach ni a tha luachmhor ann an sealladh
an duine, agus an uair a bhios an duine lom, falamh dhe 'chuid
fhein, agus e 'ga fhaireachadh fhein 'na fhior dhìol-deirce, is ann
a tha e freagarrach air son rioghachd neimh a shealbhachadh.

[TD 202]

[Taobh-duilleig 194 san leabhar fhèin]

[Vol. 12. No. 26. p. 2]

Na Baird Ghaidhealach.

Is e so an ceathramh leabhar <eng>(4th vol.)<gai> de 'n obair
luachmhor so a tha an t-Urr. Mr. Sinclair air a chur a mach. Tha
cheud leabhar a toirt iomradh air cóig bàird dheug thar fhichead a
sgriobh eadar 1411 agus 1715, maille ri eisimpleirean de 'n cuid
bàrdachd. Tha 'n dara leabhar a toirt iomradh air tri fichead bàrd a
sgriobh eadar 1715 agus 1775, le earrannan de 'n cuid dàn is òran.
Tha 'n treas leabhar ag iomradh air da fhichead bàrd 's a cóig a bha
beò eadar 1775 agus 1825, le roinn de'm bàrdachd; agus tha an
leabhar ùr so, a tha nis air tighlann a mach, a toirt dhuinn sgeul
air da fhichead bàrd 's a dha a sgrìobh eadar 1825 agus 1875, le
roinn de 'n cuid dhàn agus laoidhean. Tha againn mar sin anns na
leabhraichean so pàirt de shaothair 182 bàrd, agus, cho fad 'sa bha
sin ri fhaotainn, iomradh air am beatha.

Chi neach sam bith, a tha cur uidhir de luach air ar cainnt 's gu 'n ceannaich e na leabhraichean so, nach 'eil sinn idir gun litreachas againn anns a' Ghàidhlig.

Rinn Mr. Sinclair barrachd air son ar cainnt 's a litreachas na rinn neach sam bith eile 'tha beò anns an linn so. Tha sinn an dòchas nach stad e leis na rinn e—gu'n toir e dhuinn na Bàird o 1825 gu 1900.

Cha leigear a leas a ràdh, 'thaobh an làmh a cheartaich na dàin so agus a dh'ullaich iad air son an clò-bhualadh, nach 'eil aon fhacal eadar da chlàr an leabhair a dhùisgeas smaoin shuarach no neo-ghlan an inntinn an leughadair.

Tha 'n leabhar air a clò-bhualadh gu snasmhor an oifis a MHAC-TALLA, far am bheil e ri chreic air cóig-sgillinn-deug (25c.)

C. C.

An Comanachadh ann am Mira, agus Rud no Dha Eile.

A MHIC-TALLA IONMHUINN,—Gabh lethsgheul dàil ann an cur taing mhor mhath ugad air son paipeirean, le focal-caoimhneis, a ràinig mi o chionn mìos. Tha mi ro-dhuilich a nis a bhi 'g cluinntinn gu'm bheil thu gu stad buileach oirnn. Ach tha dòchas nach bi ann ach fois, as an ath-thòisich thu le d' òige air a h-ath-nuadhachadh. Tha feum aig Gaidheil air do leithid. Bha moran dhuinn a dh' fhaodadh a bhi air ar guaillean a chur ris an oidhirp na'n robh neach sam bith air a chùis a chur f'ar comhair.

Leig dhomh iomradh a dheanamh air mo cheud thurus tarsuing air Caolas Chanso. Air an t-seachdain a chaidh thachair dhomh cothrom fhaotainn air dol air chéilidh air seann charaid is aithne dhut, ministear Mhira. O Shidni chaidh mi sìos tre "na lochan, nan òban, nan òsan 's nan caol," air an do sgrìobh iomadh peann a cheana, gu Mira Gut. As a sin fhuair mi <eng>gasoline,<gai> mar a their iad ri bata beag luath a tha dol suas air an amhainn. An deigh dol sia mìle troimh chuairtean boidheach, troimh chaoil 'us bhaighean leathainn, rainig sinn Drochaid Albert. Bha Mr. Mac Fhionghain air a cheidhe le fàilte chridheil, agus ann an tiotan bha mi gu cinnteach "aig an tigh" maille r'a theaghlach aoidheil, blàth-chridheach. Cha'n iomadh ministear a fhuair bean-tighe cho ciatach ris a bhean so "á Gleanna-garadh." An ceann beagan ùine thòisich sluagh air cruinneachadh as gach cearna do'n eaglais, oir thachair gu'n robh an Comanachadh samhraidh a tòiseachadh. Bha coithional briagha cruinn an uair a chaidh Mr. Mac-an-Tòisich do'n chrannaig. Fhuair iad smior an t-soisgeul o'n cheatharnach sin am Beurla 's an Gàidhlig.

Air Di-haoine bha latha Ceisd aca. Thainig moran tuilleadh a mach gu so, latha mor nan "daoine." Tha 'n t-seòrsa seirbhis so a' dol gu mor á cleachdadh am measg Gaidheil Chanada, ach bha i cho beòthail 's cho taitneach ann am Mira an lath' ud 's nach téid i bàs air chabhaig 'san sgìre sin. Nochd àireamh mhor gibhtean-labhairt neo-

chumanta. Cha robh moran aig na ministeirean ri 'dheanamh; agus cha'n fhaod sinn a bhi 'g "cur gaoth na'n itean." Bha ministear Mhorien agus ministear Strathalbainn, ministear Mharion, agus ministear Ghlace Bay a toirt cuideachadh; agus air Di-luain bha Mr. Clarens Mac Fhionghain á Sidni a labhairt. Mar sin, fo riaghladh an aodhaire féin, rinn iad uile co-oibreachadh math air achd agus nach robh cion frithealaidh no cion teagaisg air an luchd-éisdeachd. Bha na coithionalan fhéin de 'leithid de ghnè 's gu'n do tharruing iad as an luchd-labhairt na nithean a b' fhearr a bh'annta. Air an t-Sàbaid bha còrr 'us naoi ceud pearsa 'san eaglais, agus chaidh dleasdanas an latha a chuartaich gu h-òrdail, snasail. Bha sin cliùiteach do 'n mhinistear 's do'n choithional, a tha 'nis a deanamh adhartas taitneach. Air oidhche na Sàbaid chaidh nigheanag lurach a mhinistear a bhaisteadh 'san eaglais le ainm Beurla 'us ainm Gàidhlig-Gladys Iseabail.

B'fheudar tilleadh Di-luain, an àite, mar bu mhath leam, fuireach gu eolas fhaotainn air muinntir a tha fathast a suiridhe 's ag aoradh anns a' Ghàidhlig, agus gu tuilleadh fhaicinn de mhaise an eilean. Ghabh mi 'n carbad-iaruinn Di-màirt air son Eilean a' Phrionnsa. Bha 'n latha anabarrach blàth agus siubhal mi-chomhfhurtail gus an d' fhuair mi air bòrd na "Ban-phrionnsa" aig Pictou, soitheach eireachdail air am bheil Gaidheal sultmhor na chaiplean. B'e sud an turus tlachdmhor! Thainig sinn air bòrd a ruith le fallus, ach bha na còtaichean uachdair feumail mu mheadhon a' Chaolais. Tha mi nis an "gàradh a' ghulf." Am màireach cuiridh mi m' aghaidh air dol dhachaidh.

"Seinn ìribh o, hiùraibh o, hùgaibh o thì,
So agaibh an obair bheir togail do m' chrìdh':
'Bhi tionndadh mo chasan gu m' dhachaidh bheag fhìn,
Aig crìochnachadh turus an là dhomh."

CLUARAN.

Bheir an saoghal urram gu leòr dhaibhsan a tha làidir, agus a chuireas iad fhein an geill, ach bheir Crìosd urram dhaibhsan a tha macanta, agus a tha 'g earbsa ann.

AM MAC A B' OIGE.

Leis an Urr. Iain Mac Ruairidh.

CAIBIDEAL XVI.

THAINIG latha na cùirte mu dheireadh: cha teid an lath' ud as m' aire ri mo bheò. Ged a bha mi neo-chiontach bha eagal orm seasamh ann an lathair na cùirte. Ach bha 'n duine truagh a bha ciontach gun choltas fiamh no eagail sam bith. Tha amhrus làidir agam gu 'n robh e 'smaointean nach b' urrainnear a dhìteadh; oir cha robh fhios sam bith aige gu 'n robh a leithid de dhearbhadhean làidir ri bhith air an toirt air aghart a chum a dhìteadh. An uair a thugadh a steach do

sheòmar na cùirte e, sheall e gu dùr orm; agus fhad 's a bha mi fo cheasnachadh aig an luchd-lagha, is gann gu'n do thog e a shùil dhìom.

B' e Fear Bhaile nan Slochd a chuireadh air a mhionnan an toiseach. Dh' innis e gach ni a b' aithne dha mu m' dheidhinn, agus mar a chomhairlich e dhomh àireamh nan notaichean a bh' agam a sgrìobhadh 'nam leabhar-pocaid; mar a thachair dha mo leabhar-pocaid fhaotainn air bruaich na h-aimhne; mar a thug na facail a chual' e anns an taigh-òsda air amhrus a ghabhail gu 'n robh lamh aig na fir ann a bhith 'g am spùinneadh; agus thuirt e gu robh e cinnteach gur e an duine a bha fo amhrus a bhì ciontach, agus a bha anns a' chuirte fa 'n comhair, a thug an not seachad anns an taigh-òsda air son iomlaideachadh.

Bha fear-lagha gle thapaidh, gleusda anns a' chùirt air taobh a' chiontaich; agus chuir e iomadh ceisd air Fear Bhaile nan Slochd an dùil gu 'n rachadh aig' air an fhianuis a thog e air mo thaobh-sa a chur bun-os cionn. Ach bha e soilleir do na h-uile a bha anns an éisdeachd gu 'n do labhair Fear a' Bhaile, mar a theireamaid ris gu cumanta, an fhìrinn, an fhìrinn uile, 's gun ni ach an fhìrinn.

Cheasnaicheadh an dà fhear taigh-òsda, agus thuirt iad 'nan dìthis gu 'n robh iad làn-chinnteach gu 'm b' e an duine air an robh amhrus na cionta a' cheart dhuine ris an d' earbadh mise threorachadh do Shruidhleidh, agus a thug seachad aon de na notaichean a bh' agamsa 'nam leabhar-pòcaid.

Mu dheireadh chuireadh mise air mo mhionnan, agus anns a' cheasnachadh a rinneadh orm, b' fheudar dhomh a h-uile car mar a thachair dhomh fhad 's a bha mi ann an cuideachd an duine innseadh; agus ged a rinn am fear-lagha a bha air taobh a' chiontaich 'uile dhìchioll, le mion-cheasnachadh, gus a dheanamh am mach nach robh mi 'g innseadh na fìrinn, dh' fhairlich air.

Feumaidh mi innseadh mu 'n teid mi na 's fhaide air m' aghaidh, gu 'n tugadh dà chùis-dhìtidh air aghart an aghaidh an duine: an toiseach, mar rinn e ormsa; agus a rithist, mar a thug e-fhein agus an dìthis a bha maille ris, garbh-ionnsuidh air an Doctair Morton, agus air Fear a' Bhaile anns a' choille an oidhche 'ghlacadh e. Agus, air an aobhar sin, bha 'n Doctair Morton air a cheasnachadh anns a' chùirt, araon a thaobh an t-suidheachaidh anns an robh mise an uair a fhuaradh ceangailte mi, agus mar an ceudna a thaobh mar a thachair anns a' choille. Thog e fianuis anabarrach làidir an aghaidh an duine thruaigh; agus an uair a bha e air a mhion-cheasnachadh leis an fhear-lagha thapaidh a bha air taobh a' chiontaich, fhreagair e na ceisdean a chuireadh air ann an dòigh a bha neo-chumanta geur-chuiseach agus gleusda. Gus briathran cumanta a ghnàthachadh, cha b' urrainn am fear-lagha ite 'chur as.

An sin chuireadh an duine truagh fhein air a mhionnan; agus bha e 'cumail am mach nach robh e ciontach idir dhe 'n chionta a bha air a chur as a leith do m' thaobhsa. Dh' aidich e gu 'n do ghabh e os laimh cùram a ghabhail dhìom, agus mo threòrachadh gu sàbhailte a

dh' ionnsuidh mo cheann-uidhe. Bha fhios aige nach b' urrainn da

[TD 203]

[Taobh-duilleig 195 san leabhar fhèin]

[Vol. 12. No. 26. p. 3]

so àicheadh ri aghaidh na bha de dhearbhadh lèidid air an toirt air aghart; ach bha e air son a dheanamh am mach nach robh làmh sam bith aige ann a bhith 'g am cheangal; agus thuirte e gu 'm b' ann air eiginn a fhuair e teicheadh le' bheatha o na fir a cheangail mise. Ach an uair a bha e air a cheasnachadh gu mion leis an fhear-lagha a bha 'g iarraidh a dhèteadh, cha robh na freagairtean a thug e air ann an co-chòrdadh ris na bha e'n toiseach ag radh. Bha e soilleir do na h-uile a bh' anns an éisdeachd nach ruigteadh leas mòran earbsa 'chur anns na bha e 'g ràdh. Bha e soilleir gu leòr do na h-uile gu 'm biodh e air a dhèteadh air a h-uile cor air son na h-ionnsuidh a thug e fhein agus a dhithis chompanach air an Doctair Morton agus Fear a' Bhaile, ciod sam bith mar a thachradh dha a thaobh mar a rinneadh ormsa.

An uair a bha 'n ceasnachadh seachad, labhair am fear-lagha a bha air a thaobh òraid a bha fada, agus geur-chuiseach, agus gleusda. Thòisich e le bhith 'g radh gu 'm bu duin' e a bha fo dheadh ainm am measg na muinntir a bha eòlach air gus an robh e 'na làn dhuine; agus nach robh e idir coltach gu 'm fàsadh duine a bha air a dheadh thogail 'na òige, agus a bha gus a' sid fo dheadh ainm am measg na muinntir a bha eòlach air, na dhroch dhuine aig aois dà fhichead no leith cheud bliadhna. Dh' aidich e gu 'm faoidteadh iomadh duine a bha gu nàdarra gle iomchuidh, modhail 'na ghluasad a thoirt a thaobh gus olc a dheanamh le comhairlean, agus le meallaidhean dhroch chompanach. Ach bha e 'cumail am mach gu 'm bu chòir leith-sgeul a leithid sid a dhuine a ghabhail, agus ged a gheibhteadh ciontach e, nach bu chòir peanas trom a leagadh air.

Dh' fheuch e cho math 's a b' urrainn da ri dheanamh am mach nach robh lamh sam bith aig an fhear a bh' air a chasaid anns an droch dhiol a rinneadh ormsa; agus chomharraich e am mach nach robh mise comasach air an dearbhadh bu lugha a thoirt seachad gu 'n d' thug an duine an cuideachadh bu lugha seachad do na fir a cheangail mi, agus a thug uam mo leabhar-pòcaid. Thuirte e mar an ceudna nach tugadh dearbhadh sam bith fa chomhair a' bhreitheamh gu 'n robh eadhoin fios aig an duine gu 'n do cheangladh mi. Agus mu dheidhin an airgid, dh' fheuch e ri dheanamh am mach gu 'm faoidteadh 'fhaotainn ann an sporran fir cho iomchuidh agus cho onarach 'sa bh' anns an dùthaich, do bhrìgh gu'n robh meirlich an comhnuidh a feuchainn ri dealachadh ris a h-uile rud a shaoileadh iad a thogadh fianuis 'nan aghaidh, nam faighteadh greim orra. Agus air do 'n chùis a bhith mar so, thuirte e nach bu choir an duine fhaighinn ciontach air son na rinneadh ormsa.

Ach an uair a thàinig e gu 'bhith 'labhairt mu 'n dara cùis-dhìtidh

a thugadh an aghaidh an duine, cha d' thug e oidhirp sam bith air a dheanamh am mach gu 'n robh e neo-chiontach. Bha dearbhadh ro shoilleir aige gu 'n robh e ciontach; ach dh' fheuch e ri dheanamh am mach nach robh aobhar air peanas mòr a leagadh air o'n a bha e air a thoirt a thaobh le droch comhairlean a chompanach.

An deigh dha crìoch a chur air na bh' aige ri ràdh, labhair am Fiscal, agus thuirt e nach robh aobhar aige air mòran a ràdh, do bhrìgh, a dh' aindeoin cho deas-bhriathrach agus cho gleusda 's a labhair am fear-lagha air taobh a' chiontaich, gu 'n robh dearbhaidhean làidir, agus soilleir gu leor air an toirt air aghart a chum an duine dhìteadh; agus thuirt e gu 'n robh e 'smaointean gu 'n leagadh am breitheamh peanas trom air.

Thuirt am breitheamh gu 'm feumadh iad uile greim béidh a ghabhail o'n a bha iad ùine cho fada 'nan suidhe anns a' chùirt, agus an uair a thigeadh iad air ais an ceann leith uair, gu 'n tugadh e an tagradh as an rathad.

An uair a shuidh a' chùirt a rithist, thuirt am breitheamh ris a' chiontach: "Thigeadh dhut a bhith gu mòr an comain an fhir-thagraidh a ghabh os laimh seasamh air do thaobh, a chum do shaoradh, nam bu chomasach e, a lamhan an lagha. Feumaidh mi ràdh gu 'n d' rinn e a dhleasdanas cho math 's a b' urrainn a bhith. Ma labhair no nach do labhair e gu cogaiseach air do thaobh, tha mise gun fhios agam. Ach tha fhios agam air aon rud, agus is e sin, nach d' rinn e dearmad anns a' chuid bu lugha air labhairt gu làidir air a h-uile puing a shaoileadh e a dheanadh feum dhut. Ach an déigh so gu léir, cha robh e an comas dha do shaoradh a lamhan an lagha.

"Nam shealladh-sa, is ann a tha cuid dhe na labhair e air do thaobh a' meudachadh do chionta. Labhair e mu'n dòigh mheasail, iomchuidh anns an deachaidh do thogail, agus mar a bha thu 'g ad ghluasad fhein gu modhail, iomchuidh an uair a bha thu 'nad dhuine òg. A nis, an àite dhomhsa do leithsgeul a ghabhail an diugh a chionn thu bhith modhail, iomchuidh ann an làithean d' òige, is ann a tha mi 'gad fhaicinn ro chiontach a chionn gu 'n do thuit thu air falbh o'n fhìrinn 's o'n onair a chaidh a theagasg dhut 'nad òige. Ged a bhiodh duin' òg air a mhealladh le comhairlean agus cleachdaidhean dhroch companach, cha chuireadh e uiread a dh' ioghnadh orm; oir tha leithid so a' thachairt tric gu leòr. Ach is e do leithid-sa de dhuine a tha mu dha fhichead bliadhna dh' aois, a bhith 'g ràdh gu 'n d' thug droch companaich ort an obair a rinn thu a dheanamh; cha chreid mi facal dheth.

"Tha do chionta glé mhòr 'nam shealladh-sa. Rinn thu rud cho olc agus cho suarach 'sa chuala mi riamh. Ghabh thu os laimh an duine òg sin a threòrachadh gu sàbhailte do 'n bhaile so. Agus an uair a thuig thu gu 'n robh beagan airgid aige, agus a chunnaic tu gu 'n robh e a' cur làn earbsa annad mar dhuine fìrinneach, onarach, threòraich thu e a dh' ionnsuidh àite anns an deachaidh agad fhein 's aig do chompanaich air a chuid airgid a thoirt uaithe; agus cheangail sibh e ann an taigh fàs, ann an dochas, tha mise 'creidsinn, gu 'm faigheadh e bàs mu 'm faighteadh fios gu 'n robh e

ann.

“Ge b’ e air bith co air a dheantadh an gnìomh ud, bhiodh e na chionta glé mhòr; ach cuimhnich gur ann air duin’ òg a bha ’na choigreach anns an àite a rinneadh e, agus tha sin a’ fàgail na cionta anabarrach mòr.

Thug thu fhein agus do chompanaich ionnsuidh gharbh air dithis dhaoine a bha ’gabhail an rathaid a spuinneadh, an dùil, tha mise ’creidsinn, gu ’m faigheadh sibh an cuid airgid a thoirt uapa.

“Cha ’n fhoghnadh leat na rinn thu de dh’ olc air an dòigh ud, ach dh’ innis thu mòran bhreug ’nam éisdeachd-sa an diugh, an dùil gu ’n rachadh agad air thu fhein a shaoradh a làmhan an lagha.

“Ged a thug am fear a thagair do chùisean an diugh iomradh gu ’n robh thu ’n ad dhuine cràbhach, cha duirt e idir gu ’n robh eagal Dhé ort. Cha ’n aithne dhomhsa daoine sam bith a’s cunnartaiche na na daoine cràbhach air nach ’eil eagal Dhé.

“Tha mise ’g òrdachadh do cumail ann am prìosan gu cionn da bhliadhna, agus toirt ort ré na h-ùine sin a bhith ’g obair gu cruaidh, goirt.”

An uair a chual’ an duine truagh a’ bhinn a thugadh am mach ’na aghaidh, thòisich e ri sìleadh nan deur gu frasach; agus feumaidh mi ràdh gu ’n robh truas mo chridhe agam ris.

CAIB. XVII.

CHA ’N fhiosrach mi gu ’n d’ fhuaradh riamh greim air an dithis dhaoine a bha ann an cobhainn ris an duine thruagh a fhuaradh ciontach, agus a chuireadh do ’n phrìosan. Mar a dh’ ainmich mi mar tha, bha e ’cumail am mach nach robh aithne no eòlas sam bith aig’ orra. Bha e ’g a chumail so am mach an dòchas gu ’n saoradh e e fhein, ann an tomhas beag no mòr, o’n chionta a bha air a cur as a leith. Ach o’n a bha amhrus làidir aig a’ bhreitheamh, mar a dh’ fhaodadh e, nach robh e ag innseadh na fìrinn, cha d’ fhuair an duine truagh fathamus sam bith uaithe.

Is iongantach mar a tha iomadh aon de luchd-deanamh an uilc a’ faotainn as car ùine. Agus cha ’n ’eil teagamh nach ’eil iomadh neach a tha glé chiontach ann an iomadh dòigh a’ faighinn air aghart anns an t-saoghal gun a bhith eadhoin fo amhrus gu ’m bheil iad ris an olc. Ach thig latha gu cunntais ’s latha gu pàigheadh luath no mall. Ged a theid aig daoine iomadh uair air a dhol as o dhioghaltas o dhaoine, gidheadh cha teid iad as o cheart-bhreitheanas Dhé. No idir o dhìteadh an cogais an uair a bhios iad a dlùthachadh ri ceann-crich’ an turuis. Faodaidh a’ chogais a bhith, le foirneart, air a cumail ’na tosd car ùine; togaidh i a guth gu làidir cho luath ’sa gheibh i an cothrom. Cha chulaidh-fharmaid neach sam bith, co dhiubh a tha e bochd no beairteadh, ma bhios a chogais ’g a dhìteadh a h-uile latha ’s a’ bhliadhna. Agus idir cha chulaidh-fharmaid an neach nach cuir a chogais dragh air latha sam bith. Ma tha neach

anns an t-suidheachadh so, tha aobhar amhruis gu 'n robh e 'caitheamh a bheatha anns an olc o thùs a làithean, agus mar sin gu 'm bheil a chogais mar gu 'm biodh i air "a losgadh mar le iarunn dearg." Is e sin ri radh, gu 'm bheil e air cruadhachadh cho mòr anns a' pheacadh 's nach cuir gnìomh olc sam bith a ni e dragh air an inntinn aige. Is e duine gun fhaireachadh spioradail a bhios ann an duine dhe 'n t-seòrsa so.

Ach rud a tha glé iongantach, tha feadhainn dhe 'n t-seòrsa so glé dheas gu bhith 'labhairt agus a' connsachadh mu dheidhinn nithean spioradail. Cha robh Satan fhein tur aineolach air facal Dhé; agus cha mhò na sin a tha mòran de 'n mhuinntir a tha 'g a leanmhuinn. Cha 'n ann a réir briathran am beòil is còir breith a thoirt air daoine a thaobh an staid gu spioradail ach a réir an caitheamh beatha agus an giulain. "Cha 'n e gach uile neach a their riumsa, A Thighearna, a Thighearna, a theid a steach do rìoghachd nèimh, ach an ti a ni toil m' Athar-sa a ta air nèimh." Mata vii, 21.

The e air aithris dhuinn, agus tha mi cinnteach gu 'm bheil e fìor ann an tomhas mòr, gu 'm bheil iomadh neach air a thoirt gu mothachadh air a shuidheachadh truagh truailidh am feadh 's a tha e air a chumail ann am prìosan. Mu 'n robh an duine air am bheil mi ag iomradh bliadhna ann am prìosan, dh' aidich e do 'n mhinistear a bha gu tric a' dol do 'n phrìosan a labhairt ris, agus 'g a chomhairleachadh, gu 'n robh e ciontach dhe gach ni a chuireadh as a leith. Agus o'n a chuir am ministear sìos air pàipear an eachdraidh a dh' innis an duine truagh dha, tha e cho math dhomh an eachdraidh so aithris facal air an fhacal mar a sgrìobhadh sìos i o 'bheul fhein.

Thachair do 'n mhinistear air lath' àraidh earran de dh' fhacal Dhé a thoirt fa chomhair an duine thruaigh a chuir trioblaid mhòr air an inntinn aige. Agus an uair a dh' fheòraich am ministear dheth c' ar son a chuir na briathran a leithid de dhragh 's de ghluasad air an inntinn aige, thuirt e ris: "Cha 'n urrainn domh an t-aobhar innseadh dhuibh an diugh; ach innsidh

[TD 204]

[Taobh-duilleig 196 san leabhar fhèin]

[Vol. 12. No. 26. p. 4]

mi dhuibh e an ath latha 'thig sibh. Tha mi fo leithid de chràdh cridhe aig an àm so 's gu 'm bheil eagal orm nach urrainn mi na bheil agam ri innseadh dhuibh a chur ann an altaibh a chéile cho pongail agus cho òrdail 's bu math leam, o'n a tha mi gus a chur de dhragh oirbh gu 'n sgrìobh sibh na dh' innseas mi dhuibh." An corr comhraidh cha robh eatorra aig an am.

Air an ath latha chaidh am ministear a rithist far an robh e; oir bha eagal air, nan rachadh am barrachd ùine seachad gun e 'g a fhaicinn gu 'm faodadh 'inntinn a bhith air a cruadhachadh air

dhoigh 's nach deanadh e aidmheil sam bith dha.

An uair a chaidh e steach do 'n phrìosan fhuair e 'na shuidhe e gu stòlda, agus e gu trang a' cìreadh chalcais. An uair a chuir iad failte air air a chéile, thuirt am prìosanach: "Tha mi ro thoilichte gu 'n d' thainig sibh an diugh; oir bha mi thoiseachadh ri gabhail eagail gu 'm faodainn bristeadh air a' bhòid a thug mi 'na m' inntinn an uair a bha sibh an so an dé, mar is minic a rinn mi air mìle bòid a thug mi 's àm a dh' fhalbh. Comhladh ris gach olc eile a chomh-oibrich gus mise a chur do 'n àite mhuladach so, cha b' e bhith bristeadh air mo bhòidean agus a bhith 'cur dàil ann an deanamh mo dhleasdanas, bu lugha 'rinn de chron domh; agus nan d'fhan sibhse gun tighinn gus am màireach, is dòcha gu 'm faigheadh sibh mise cho rag 's cho dùr 's cho cruaidh-chridheach 's a b' àbhaist dhomh a bhith.

"So agaibh na briathran a thug ormsa bhith cho tùrsach an uair a bha sibh an so an dé—briathran a bhiodh mo mhàthair gu tric a' toirt fa m' chomhair an uair a bha mi òg; ach, rud a tha 'cur ioghnaidh orm an diugh, tha iomadh bliadhna o'n a leig mi tur air dichuimhn iad. 'Agus bithibh cinnteach gu 'm faigh bhur peacadh am mach sibh.' Aireamh xxxii, 23.

"An uair a labhair sibhse na briathran so an dé, thàinig an t-àm a dh' fhalbh, an eiseimpleir a chuireadh fa m' chomhair, na comhairlean glìce agus diadhaidh a thug mo mhàthair gu tric orm, as ur fa chomhair m' inntinn, agus cha mhòr nach d' fhannaich mo chridhe an uair a smaoinich mi gu dlùth air an dòigh anns an robh mi 'caitheamh mo bheatha o chionn iomadh bliadhna. Cha do dhùin mo shùil o'n a chunnaic mi sibh an so an dé. Agus air chumhnanta gu 'n geall sibhse dhomh nach toir sibh guth no iomradh air facal dhe na tha toil agam innse dhuibh fhad 's a bhios mi fhin agus mo luchd-dàimh beò, bheir mi dhuibh gearr-chunntais air m' eachdraidh o chionn dlùth air fichead bliadhna. Ach an déigh bàs mo mhàthar is m' athar—agus cho fad 's is fhiosrach mi tha iad le chéile fhathast beò—faodaidh sibh m' eachdraidh innseadh gun fhios nach fhaodadh iomadh duin' òg rabhadh a ghabhail, agus na ceuman a threòraich mise a dh' ionnsuidh an t-suidheachaidh anns am bheil mi an diugh a sheachnadh. Ach cha 'n fhaod sibh innseadh cò mi, no cò dha a bhuineas mi; oir cha bhi e a chum feum sam bith do neach sam bith.

"Bha m' athair 'na thuathanach cho glìc 's cho dòigheil 's cho cothromach, agus cho measail 's a bha anns an earrann de 'n dùthaich do'm buineadh e. B' ann faisge air crìoch Shasunn a rugadh e 's a thogadh e 's a bha e riamh. Rugadh ochdnar de theaghlach dha; agus bu mhise an aon a b' òige dhe 'n teaghlach. Dh' eug an t-seachdnar eile,—cuid dhiubh 'nan leanaban, agus cuid eile mu 'n d' rainig iad fichead bliadhna a dh' aois. Agus am feadh 's a thug so bròn agus bristeadh cridhe air mo phàrantan, cha b' fheairrde mise dad e. O nach robh air fhàgail aca ach mi—fhin, bha iad gu nàdarra a' deanamh mòran dhìom; ach is cinnteach, gu'n d'fhuair mi barrachd air na bha gu math dhomh dhe mo thoil fhin.

"Fhuair mi sgoil is ionnsachadh cho math ri h-aon dhe mo sheòrsa a

bh' anns an dùthaich; agus bha 'cheart uiread de chùram aig mo phàrantan mu dheidhinn m' anama 's a bh' aca mu dheidhinn mo chuirp. Cha b' urrainn duin' òg, tha mi smaointean, eisimpleir a b' fhearr fhaicinn na chuir iad fa m' chomhair.

"Bha m' athair an dùil gu 'm bithinn 'nam chuideachadh dha 'na shean-aois, agus gu 'm biodh am fearann agam an déigh a bhàis. Ach cha b' aill leam mi-fhin a stòdachadh ri obair fearainn; agus air an aobhar sin bha mi bliadhnachan a' caitheamh mo bheatha gun fheum dhomh fhin no do neach eile.

"Bha dlùth-chàirdean dhuinn ann an America a bhiodh gu math tric a' sgrìobhadh do 'r n-ionnsuidh, agus ag innseadh mòran mu thimchioll na tha de shaoibhreas anns an dùthaich fharsuinn ud. Bha mi air bhàinidh gus a dhol gu ruige America; agus ged a bha mo phàranton fad' an aghaidh dhomh falbh air astar cho fada uapa, mu dheireadh, an uair a chunnaic iad nach robh feum dhaibh a bhith 'cur 'nam aghaidh, leig iad mo thoil fhin leam.

"Thug iad dhomh de dh' airgid na phraigheadh araon am faradh, agus na shaoileadh iad a dheanadh feum dhomh gus am faighinn cosnadh a fhreagradh orm.

"Tha 'm bròn a bh' orm an àm dhomh dealachadh ri mo phàranton na's ùire dhomh an diugh na bha e latha riamh o'n a dhealaich mi riutha. B' e sid an sealladh mu dheireadh a dhunnaic mi dhiubh: agus a réir choltais, cha 'n fhaic mi sealladh eile dhiubh anns an t-saoghal so. Tha mi cinnteach gu 'm bheil iad a' smaointean gu 'm bheil mi marbh; oir cha do chuir mi sgrìob litreach uca o chionn choig bliadhna deug. Agus cha leig an nàire dhomh a nis sgrìobhadh do 'n ionnsuidh.

Cha 'n 'eil teagamh agam nach gabhadh iad rium nan tillinn dhachaidh, mar a ghabh 'athair ris a' mhac stròdhail. Ach is fhearr leam iad a bhith 'smaointean gu'm bheil mi marbh na mi-fhin a nochdadh 'nan làthair an déigh dhomh a bhith ann am prìosan.

"Ach gus a dhol air aghart le mo naigheachd: an uair a chaidh mi air tìr ann an Staidean America, fhuair mi 'mach mo chàirdean ann an ùine ghoirid. Bha iad gu math air an dòigh, agus bha iad glé chaoimhneil rium; ach chad' fhan mi fada comhladh riutha; oir anns an àm bha e air aithris gu 'n robh mòran òir ri fhaotainn ann an California. Agus air dhomh eòlas a chur air daoine a bha 'dol a chladhach an òir, dh' aontaich mi gu 'm falbhainn comhladh riutha. Thug sinn ùine mhath air an rathad; agus cha b' e mhàin gu 'n d' fhuair sinn uidil is allaban gu leor, ach theab sinn uair is uair ar beatha chall mu 'n d' ràinig sinn.

Cha robh moran sluaigh air cruinneachadh anns an àite an uair a ràinig sinn; ach ann an seachduin no dhà bha àireamh mhòr air cruinneachadh. Agus a leithid de shluagh cha 'n fhaca mi ann am bheatha. Bha iad uile air an lionadh le gionach 's le sannt. Bha iad coma ach fortan a dheanamh, ciod sam bith dòigh air an deanadh iad e.

“Cha chluinnteadh guth air Dia; ach neo-ar-thainig nach cluinnteadh ainm an diabhuil tric gu leòr.

“Bha 'n gnothach a bh' ann a' cur uamhais orm anns a' cheud dol am mach; ach mu dheireadh dh' fhàs mi suas ris, agus cha robh mi 'cur uidhreachd air.

“O nach robh gu leòr a dh' airgiod agam gus pìos dhe 'n fhearann a cheannach, chaidh mi ann an pàirt ri dithis no trìuir eile a bha anns an aon t-suidheachadh rium fhin, agus an uair a cheannaich sinn pìos fearainn eadrainn, thòisich sinn ri cladhach cho math 's a b' urrainn duinn. Ach anns a' cheud dol am mach cha robh gràinne dhe 'n òr a' tachairt ruinn; agus bha sinn mu dheireadh air thuar a bhith ann an éis cho mòr 's gu 'n robh eagal oirnn gu 'm feumamaid ar còir air an fhearann a reic. Mu dheireadh fhuair sinn cuid mhath dhe 'n òr, agus ma fhuair, cha rodh ar suidheachadh, ann an aon seadh, dad na b' fhearr na bha e roimhe. Bha eagal oirnn gu 'n tugadh feadhainn de na droch dhaoine a bha cho lionmhor anns an àite dhinn ar beatha a chum greim fhaotainn air na chladhaich sinn dhe 'n òr. Cha 'n fhaigheamaid cadal na h-oidhche leis an eagal a bh' oirnn roimh na robairean so.

“Bha gu leòr a dol mu 'n cuairt diomhain, agus iad a' tairgse iad fhein fhadstadh ri neach sam bith a ghabhadh nan seirbhisich iad. Ach bha eagal oirnn fear seach fear dhiubh fhadstadh, o nach robh sinn cinnteach gu 'm faodamaid ar gnothaichean earbsa riutha. Dh' fheumadh aon seirbhiseach a bhiodh againn, cha 'n e mhàin tuarasdail math fhaotainn, ach o'n a gheibheadh e mach far an robh sinn a' falach na bha sinn a' cladhach dhe 'n òr, cha robh fhios againn nach fhaodadh e ar brath do na daoine a thainig do'n àite feuch ciod a ghoideach iad.

“Bha sinn an toiseach a' giulan an òir air fhuaghal ann am fillidhean ar cuid aodaich; ach o'n a tha 'n t-òr trom, cha robh e comasach dhuinn mu dheireadh ar cuid òir gu leir a ghiulan mar so. Bha sinn a' cur rud dheth an àite 's an àite anns an <eng>tent<gai> a bh' againn, far an saoilamaid nach amaiseadh na meirlich air. Bha 'chuid bu mhò dheth againn car ùine fo 'n lic air am biomaid a' togail an teine; agus b' e so, tha mi 'smaointean, àite cho sabhailte 's a bh' againn gu leir.

(Ri leantuinn.)

FIONNAGHAL DHOMHNULLACH.

(Air a leantuinn.)

AN uair a bha nithean mar so 'gan cur an òrdugh, ràinig Ailean a' Chnoic agus buidheann de 'n arm-dhearg Ormacleit. Cha robh mionaid a nis ri chall, oir dh' fhaodadh dàil aon latha eile gach ni a thilgeadh bun os ceann. Thug Fionnaghal a rithist ionad-folaich a' Phrionnsa oirre, agus sgeadaich i e mar a b' fhearr a b' urrainn i ann an éididh ban-Eirionnaich. Air feasgar Disathuirne an t-ochdamh

là fichead de mhìos meadhonach an t-samhraidh, 1746, dh' fhag a' bhuidheann Uidhist, chum an t-Eilean Sgiathanach a dheanamh a mach. Cha deachaidh iad ach goirid o thràigh, an uair a shéid a' ghaoth gu gailbheach 'nan aghaidh, air chor 's gu'n robh iad ann am mor-chunnart. Bha iad air an luasgadh a nùll agus a nàll air feadh na fairge, agus bha eagal orra maraon gu'n tilgteadh air an ais iad air an fhearann a dh' fhàg iad 'nan déigh. Cha do chaill, gidheadh, aon chuid am Prionnsa no Fionnaghal am misneach; ach, a dh' aindeoin ànraidh, doinionn, agus cunnairt, bhrosnuich iad an sgioba gu bhi treun agus cruadalach. Aig glasadh an latha, mhothaich iad fearann teann orra. B'e so Rudha-Bhaternis 'san Eilean Sgiathanach; agus, an àm dhaibh a bhi 'dluthachadh ris, chunnaic iad buidheann de na saighdearan-dearg air tìr, ullamh agus ealamh chum an glacadh. Ghrad thug iad an cuan orra; agus air do na saighdearan so fhaicinn, loisg iad 'nan déigh, agus bha na peileirean a' feadail agus a' sranraich mu'n clusaibh. Stiùir iad an sin chum na h-àird-an-ear; agus, beagan roimh mheadhon là na Sàbaid, thainig iad gu tìr aig Cìllbhride, goirid o thigh Mhogustait, ann an sgìreachd Chìllmhuire. B'e Mogustat,

[TD 205]

[Taobh-duilleig 197 san leabhar fhèin]

[Vol. 12. No. 26. p. 5]

'san àm sin, àite-comhnuidh an Ridire Alasdair, Triath Shléibhte. Dh' fholaich am Prionnsa e féin ann an còs creige an cois a' chladhaich, agus thug Fionnaghal tigh an uachdaran oirre, dh' fheuchainn ciod a chitheadh agus a chluinneadh i. Dh' fhàiltich baintighearna Mhic-Dhòmhnuill a bheatha le caoimhnealachd, ach feuch an t-uamhunn leis an do bhuaileadh i, 'n àm dhi dol a steach, an uair a chunnaic i làn an t-seòmair de cheannardan an airm-dheirg a stigh roimpe! Gidheadh, chùm i orre féin gu seòlta, agus cha d' aithnich aon neach gu'n robh cùram no iomaguin sam bith air a h-ìntinn. Cha robh Mac-Dhòmhnuill féin aig a' bhaile; agus ged a bha fios aig Fionnaghal gu'n robh e san àm sin an aghaidh Thearlaich, gidheadh, le mor-mhuinghin agus mhisnich, dh' innis i do'n bhaintighearna c'ait an robh am Prionnsa. Ged bha a' bhain-tighearn ann an deagh rùn do Thearlaich, gidheadh cha b' urrainn i a thoirt chum an tìghe; ach bha Alasdair, mac Dhòmhnuill 'ic Alasdair, ('se sin, Fear Chìngsburgh) baillidh Mhic-Dhòmhnuill, an là sin ann am Mogustat; agus chuir a' bhaintighearn e dh' ionnsuidh a' Phrionnsa le beagan fìona, agus nithean eile a bhiodh féumail da. Chomhairlich a' bhaintighearn a thuilleadh air sin, gu'n rachadh am Prionnsa agus Fionnaghal maille ri Alasdair Mac-Dhòmhnuill do Chìngsburgh, air di a bhi cinnteach gu'm biodh e dìleas daibh, agus càirdeil riutha. Ghabhadh a comhairle; agus gun dàil, bha Fionnaghal agus Betti Burke air an t-slighe maille ri Alasdair Mac-Dhòmhnuill a dh' ionnsuidh Chìngsburgh, a bha dà mhìle dheug air astar as. Eadar sin agus feasgar, bha iad a' còmhachadh muinntir na dùthcha air an t-slighe dhachaidh o'n eaglais; agus 'nan dol seachad, bheireadh iad sùil, le mor-ìoghnadh, air a' ghruagaich mhoir, luidich, neo-sgiobalta, agus

fhad-chasaich, a bha maille ri Fear-Chìngsburgh! Chuir iad an oidhche sin thairis ann an Cìnsburgh, far an do bhuineadh riutha air gach seòl gu fial. Air an ath là, dh' fhag am Prionnsa Cìngsburgh; agus chaidh Fionnaghal maille ris gu Portrìgh, far an do dhealaich i ris, Aig àm an dealachaidh, phòg e i, agus, leis na deuraibh 'na shùilean thubhairt e rithe—"Tha mi an dòchas, ainnir ùasail agus fhìrinnich, gu'n còmhlaich sinn a chéile fhathast ann an lùchairt an rìgh." An sin, ghabh e an t-aiseag do Ràsaidh; agus, as an eilean sin, chaidh e do Shrath Mhic-Ionmhuinn, maille ri duine bochd d' am b' ainm Calum Mac-Leòid, mac Iain 'ic Iain; agus ré na slighe, bha 'm Prionnsa 'na ghille-màileid aig Calum! As an t-Srath sheòl e nùll gu Arasaig; agus lìonadh e leabhar iomradh a thoirt air gach deuchainn, cruaidh chàs, agus àmhghar a dh' fhuiling e air feadh Arasaig, Mhuideirt, agus gharbh-chrioch na Gàidhealtachd gu meadhon an fhogharaidh, an uair a thàinig soithichean a thug e féin agus na h-uiread d'a chàirdean a nùll do'n Fhraing.

Ged a thar am Prionnsa mar so as le 'bheatha, gidheadh cha robh an òigh dhìleas a chuir a beatha fein ann an cunnart air a shon ach ann an toiseach a trioblaidean. Is iomadh àmhghar agus cruaidh-chas a bha an dàn di fhulang an déigh sin. Cha b' fhada gus an do ghlacadh i, agus gus an d' thugadh i féin agus Cìngsburgh, Mac-Ionmhuinn an t-Sratha, agus Calum mac Iain 'ic Iain 'nam prìosanaich do Lunnainn; agus dhruideadh a stigh 'san Tùr iad, chum an cur fo dheuchainn. Bha mor-mheas aig maithibh na rioghachd air an ribhinn eireachdail agus dhealaidh a theasairg am Prionnsa le tréibhdhreas cho mor; agus, am measg chàich, chaidh am Prionnsa Frederic (sinn-seanair Banrìghinn Bhictoria) do'n phrìosan 'ga faicinn, agus ghnàthaich e a mhor-chumhachd chum a cur fa sgaoil.

Shoirbhich a' chùis leis. Fhuair Fionnaghal cead a coise; oir co, aig am biodh meas air ionracas agus air fìor dhìlseachd, a b' urrainn an òigh uasal a dhìteadh? Ghabh i comhnuidh car tamuill ann an Lunnainn; agus bha'n tigh anns an robh i air a chuairteachadh gach là le carbadan lìonmhor nan àrd-uaislean, a thainig a chur urraim oirre. Phill i a rìs gu eilean a breith; agus, ceithir bliadhna an déigh sin, phòs i Ailean, mac Fhir-Chìngsburgh. An uair a dh' eug Cìnsburgh, chaidh Ailean a mhac, 'na àite; agus an sin bha Fionnaghal 'na bean-tighe anns a' cheart àit anns an do chuir am Prionnsa a' cheud oidhche thairis 'san Eilean Sgiathanach! Chaidh i an déigh sin do America maille r'a companach, far an da ghabh i co-roinn anns a' chogadh a bha san àm sin co sgriosach 'san tìr sin. An déigh iomadh cruadal fhulang anns an dùthaich sin nan coigreach, phìll iad a rìs do'n Eilean Sgiathanach. An uair a bha iad mu leth-cuain, thachair lòngh Fhrangach orra, a thòisich air losgadh orra. Bha'n cath gu h-ealamh air bonn; agus chaidh Fionnaghal gu grad suas chum clàr-uachdair na luinge, far an robh i gu gaisgeil a' brosnachadh nam maraichean gu bhì tréun agus éuchdach! Bhristeadh a làmh sa chomhstri; gidheadh cha do thréig a misneach i, agus cha do lughdaicheadh a gaisge! Cha d' fhàg i an t-Eilean Sgiathanach tuilleadh an déigh sin. Bha seachdnar chloinne aice (cùignear mhac, agus dithis nighean) a thuilleadh air cuid a bhàsaich 'nan òige. Bha a mic uile nan ceannardan 'san àrm, agus bha iad dìleas d'an Rìgh agus d'an rìoghachd; agus bha a cuid nighean pòsda aig ceannardan,

mar an céudna. Cha'n eil fiù a h-aon de'n teaghlach so a nis ann an tìr nam beò! Ràinig Fionnaghal sean aois; agus gus an là mu dheireadh bha i aoidheil agus uasal 'na giùlan. Air a' choigeamh là de'n Mhàrt, 1790, thug i suas an deò; agus dh'adhlaiceadh i ann an Clachan Chìllmhuire, 'san Eilean Sgiathanach. Cha bu lugha na trì mìle sluaigh chaidh maille ris a ghiùlan do'n chill! Phaisgeadh a corp (a réir mar a dh' àithn i féin, iomadh bliadhna mu'n d' éug i) anns a' cheart lìon-eudach sin anns an do chaidil am Prionnsa an oidhche a bha e ann an Cìnsburgh. An ceann dà bhliadhna an déigh sin, thaisgeadh a fear-pòsda anns an uaigh r'a taobh, far, mar an ceudna, am bheil a sliochd gu tosdach 'nan suain.

Mar so, tha Fionnaghal, nighean Raonuill Mhic-Aonghais Oig, a bha uaireigin sgiàmhach mar bhlàth na maidne, a nis 'na sineadh fo tholman uaine, gun chuspair sam bith a bhi fathast air a thogail d'a cuimhne, d'a tairisneachd, no d'a mor-ghnìomh! Mar so théid sgiàmh an t-saoghail so seachad!

[Gheibhear air taobh eile òran a rinn am bàrd Iain Mac Odrum d'a fear-pòsda, Caiptean Ailean Domhnullach, fear Chinseburgh. Cha b' ioghnadh ged a mholadh am bàrd Fear Chinseburgh agus Fionnaghal.]

Robinson Crusoe.

CAIBIDEAL. XXIII.

IUN 27—Bha mi cho tinn leis an fhiabhrus-chrithenach 's gu 'n robh mi 'nam laidhe fad an latha anns an leabaidh, agus cha d' ith 's cha d' ol mi dad. Bha mi gus a bhith marbh leis a' phathadh, agus bha mi cho lag 's nach b' urrainn domh eirigh gus deur dhe 'n uisge fhaighinn dhomh fhin. Rinn mi urnuigh ri Dia, ach bha mo cheann gu mor troimh a cheile, agus bha mi cho aineolach 's nach robh fhios agam ciod bu choir dhomh a radh. Cha robh agam ach laidhe far an robh mi, agus a bhith 'g radh, A Thighearna, amhairc orm! A Thighearna, dean trocair orm!

Tha mi 'smaointean gu 'n robh mi 'labhairt mar so fad a dha no trì dh' uairean an uaireadair gus an d' fhas mi sgith agus an do thuit mi 'nam chadal. Agus cha do dhuisc mi gus an robh greis mhath dhe 'n oidhche air a dhol seachad. An uair a dhuisc mi bha mi moran na b' fhearr, ach bha mi lag agus anabarrach paiteach; ach o nach robh deur uisge agam a staigh, b' fheudar dhomh laidhe far an robh mi gu madainn, agus

[TD 206]

[Taobh-duilleig 198 san leabhar fhèin]

[Vol. 12. No. 26. p. 6]

an uine gun bhith fada thuit an cadal orm. Anns an dara cadal so chunnaic mi an aisling eagallach so.

Ar leam gu 'n robh mi 'nam shuidhe air an talamh an taobh am muigh dhe 'n bhalla, far an robh mi 'nam shuidhe an uair a sheid an stoirm an deigh na crith-thalmhainn, agus gu 'm faca mi duine 'tighinn a nuas a neul mor dubh, agus lasraichean teine m' a thimchioll, agus gu 'n do sheas e air an talamh. Bha e uile cho soilleir ri lasair-theine, agus is gann a b' urrainn domh amharc air. Bha gruaim cho eagallach air a ghnuis 's nach 'eil e 'nam chomas cainnt a chur air. An uair a bhuaill a chasan an talamh, ar leam gu 'n deachaidh an talamh air chrith, dìreach mar a chaidh e air chrith an uair a bha chrith-thalmhainn ann; agus ar leam gu 'n robh na speuran mu 'n cuairt dha lan de lasraichean teine.

Cha bu luaithe sheas e air an talamh na ghluais e an rathad a bha mi, agus sleagh fhada 'na laimh gus mo mharbhadh. Agus an uair a thainig e gu mullach cnoic a bha astar araidh uam, labhair e rium, no chuala mi guth cho uamhasach 's gu 'm bheil e neo-chomasach dhomh cainnt a chur air an eagal a ghabh mi. So na thuig mi dhe na labhair e: "O nach d' thug na nithean so gu leir ort aithreachas a ghabhail, theid a nis do chur gu bas." An uair a labhair e na briathran so, ar leam gu 'n do thog e an t-sleagh a bha 'na laimh gus mo mharbhadh.

Cha 'n urrainn neach sam bith a leughas an eachdraidh so duil a bhith aige gu 'm biodh e comasach dhomhsa cunntas a thoirt seachad air an staid eagallaich anns an do chuir an aisling uamhasach so m' anam; tha mi 'ciallachadh gu 'n robh uamhas do-labhairt orm mu 'n do dhuisc mi; agus cha mho na sin a tha e comasach dhomh cainnt a chur air an drughadh a rinn an aisling orm an deigh dhomh dusgadh, agus a thuig mi gur e brúadar a chunnaic mi.

Mo thruaighe! cha robh eolas sam bith agam air nithean a bhuineadh do dhiadhachd. An t-eolas a fhuair mi mu nithean spioradail fo theagasg m' athar, bha e air a dhol gu buileach as an t-sealladh fad nan ochd bliadhna a bha mi aig fairge am measg sheoladairean aingidh, agus dhaoine aingidh eile aig an robh comhradh baoghalta, faoine, agus mi-naomha mar a bha agam fhin. Cha chuimhne leam gu 'n d' thainig aon smaointean fad na h-uine ud 'nam chridhe mu thimchioll Dhe, no mu thimchioll staid aingidh mo chridhe fhein. An aite so is ann a bha m' anam ann an staid neo-mhothachail, agus cha robh miann no iarrtus sam bith 'nam chridhe as deigh ni math sam bith, agus cha mho a bha mi mothachail gu 'n robh olc sam bith annam. Bha mi cho cruaidh-chridheach, cho neo-smoineachail, agus cho aingidh 's a b' urrainn aon dhe na seoladairean aingidh a bhith. Cha robh mothachadh sam bith agam air eagal Dhe ann an cunnart, no air taingealachd do Dhia an uair a gheibhinn saorsa.

Ann a bhith 'g aithris na chaidh seachad dhe mo bheatha, bidh so na 's fhasa a chreidsinn, an uair a dh' innseas mi nach d' thainig aon smaointean riamh 'nam chridhe gu 'n robh mi ann an lamhan Dhe, re na h-uine a bha mi 'dol troimh na trioblaidean lionmhor a dh' ainmich mi, no gur e peanas o Dhia a bh' ann air son mar a rinn mi ar-am-mach an aghaidh m' athar, agus air son nam peacaidhean mora a bha mi 'cur an gnìomh fad uile laithean mo bheatha.

An uair a bha mi air mo thurus cunnartach air corsa Africa, cha d' thainig aon smaointean riamh 'nam chridhe mu m' dheidhinn fhin, no ciod a bha gu eiridh dhomh. Agus cha mho na sin a ghuidh mi air Dia mo threorachadh anns na ceumannan cearta, no mo ghleidheadh o na cunnartan anns an robh mi o chreutairean fiadhaich, agus o dhaoine fiadhaich, leis an robh mi air mo chuartaich. Cha robh aon smaointean agam air Dia, no air freasdal Dhe. Bha mi 'caitheamh mo bheatha mar ainmhidh a reir cursa nadair, agus cha 'n 'eil fhios agam an robh mi cho iomchuidh ris an ainmhidh fhein.

An uair a thug sgiobair na luing a bha seoladh a Portugal gu bord mi, agus mar sin a shabhail e mo bheatha dhomh, agus a nochd e dheadh-ghean, agus caoimhneas agus ceartas dhomh, cha robh an taingealachd bu lugha agam dha 'nam chridhe.

Agus a rithist an uair a bhristeadh an long agus a chaill mi mo chuid dhe 'n t-saoghal, agus a bha mi an cunnart a bhith air mo bhathadh air cladach an eilean so, cha robh mo chogais 'g am dhiteadh, agus cha mho a bha mi 'g amharc air na thachair dhomh mar bhreitheanas. Bha mi 'g radh rium fhin gu tric gu 'n robh mi 'nam dhuine mi-fhortanach, agus gu 'n d' rugadh mi gus a bhith ann an suidheachadh truagh, trioblaideach.

Tha e fior gu leor gu 'n robh iognadh mor orm an uair a fhuair mi-fhin air tir anns an eilean so, agus sgiobadh na luinge gu leir air am bathadh ach mi-fhin. Dhuisg faireachdainean diadhaidh an taobh a staigh dhìom, a dh' fhaodadh a bhith air fìor spiorad na taingealachd a dhusgadh annam, nan d' fhuair mi cuideachadh grais Dhe. Ach chaidh na faireachdainean so ann an uine ghoirid gu buileach as an t-sealladh trid an aoibhneis a bh' orm a chionn gu 'n robh mi beo. Ach cha do smaoinich mi mar bu choir dhomh air mathas an De a ghleidh mo bheatha dhomh an uair a chaidh mo chompanaich uile gu bas. Agus idir cha do chuir mi a' cheisd rium fhin, c'ar son a bha am Freasdal cho trocaireach dhomh? Bha a' cheart seorsa aoibhneis orm 's a bhiodh air seoladairean an uair a gheibheadh iad gu sabhailte gu tir an deigh do 'n luing a bhith air a bristeadh, agus a bhathadh iad ann an deoch laidir aobhar am broin. B' ann mar so a bha mo bheath-sa anns na chaidh seachad dhi.

Eadhoin an deigh dhomh a bhith gu curamach a' smaointean air mo thilgeadh anns an ait' eagallach so, far nach robh duine ri 'fhaicinn, gun dochas ri cuideachadh, no ri comhnadh, no ri saorsa fhaighinn, cha do thaisich mo chridhe. Ach cho luath 's a chunnaic mi gu 'n robh coltas gu 'm faighinn mo lon, agus nach rachainn bas leis an acras, chaidh am mothachadh a bh' agam air mo shuidheachadh deuchainneach ann an tomhas mor as an t-sealladh, agus thoisich m' inntinn ri bhith gu mor aig fois. Bha mi 'g obair gu trang a chum mi-fhin a dhion o chunnartan agus mo lon a chosnadh. Cha robh smaointean agam gu 'n robh an staid thruagh anns an robh mi 'na chomharradh air breitheanas o neamh, no mar chomharradh gu 'n robh lamh Dhe 'nam aghaidh. B' ainneamh le smaointeanan dhe 'n t-seersa so bualadh anns a' cheann agam.

Mar a dh' ainmich mi cheana anns a' Chunntas-laitheil, thog fas an

arbhair, anns a' cheud dol am mach, beagan de smaointeanan mu mhathas Dhe 'nam chridhe, o 'n a bha mi 'g amharc air mar ghnòthach miorbhuilleach; ach cha bu luaithe thuig mi nach bu ghnòthach miorbhuilleach a bh' ann na dh' fhalbh an drughadh a rinn e orm bhar m' inntinn.

Eadhoin ged a bha 'chrith-thalmhainn 'na ni cho eagallach 's a b' urrainn a bhith, agus ged a bha i ann an doigh ro shonraichte a' tarruinn m' aire gu cumhachd neo-fhaicsinneach, cha bu luaithe a dh' fhalbh an t-eagal dhiom na dh' fhalbh an drughadh a rinn i orm mar an ceudna.

Cha robh na bu mho de mhothachadh agam air Dia, no air a bhreitheanais, no idir gu 'n robh an amhghair anns an robh mi air a h-ordachadh leis, na ged a bhithinn ann an suidheachadh cho soirbheachail 's a dh' iarrainn.

Ach a nis an uair a thoisich mi ri bhith tinn, agus a bha mi gu socrach a' gabhail beachd air doruinn a' bhais; an uair a thoisich mo spiorad ri fas lag fo chumhachd an tinneis, agus a bha mo chorp air fas lag mar an ceudna, thoisich mo chogais, an deigh dhi a bhith uine fada 'na cadal, ri dusgadh, agus thoisich mi ri mi-fhin a dhiteadh gu laidir a chionn cho olc 's a bha mi riamh a' cur seachad mo bheatha. Bha mi anabarrach aingidh, agus bhrosnaich mi Dia gus a lamh a leagadh orm le buillean troma mar dhioghaltas air son mo pheacaidhean lionmhor.

Chuir na smaointeanan so deuchainn mhor air m' inntinn fad an dara agus an treas latha dhe mo thinneas. Eadar meud an tinneis a bha mi 'fulang, agus an doigh eagallach anns an robh mo chogais 'g am dhiteadh, thainig mi gu bhith 'deanamh seorsa urnuigh ri Dia. Ach cha 'n urrainn domh a radh gu 'n robh mi 'faireachadh miannan laidir spioradail, no gu 'n robh dochas agam gu 'm faighinn eisdeachd. Cha robh 'nam urnuigh ach glaodh a bha 'g eirigh o eagal agus o eiginn.

Bha mo smaointeanan gu mor troimh a cheile, agus thug mothachadh air mo chionta agus an t-uamhas a bh' air m' inntinn air smaointeanan dusgadh 'nam cheann a bha cur eagail orm. Agus am feadh 's a bha mi anns an staid inntinn so, cha 'n 'eil fhios agam ciod a dh' fhaodainn a bhith 'g radh. Ach, cho fad 's mo bharail gu 'n robh mi labhairt mar so: "A Thighearna! nach mi an creutair truagh! Ma leanas mo thinneas, gheibh mi bas cinnteach gu leor le cion cuideachaidh, agus ciod a dh' eireas dhomh?" An sin thoisich mi ri sileadh nan deur gu frasach, agus cha b' urrainn domh facal a radh fad uine mhath.

Re na h-uine so thainig na comhairlean matha a thug m' athair orm as ur a dh' ionnsuidh m' inntinn. Aig a' cheart am chuimhnich mi air mar a dh' innis e dhomh mu gach trioblaid is truaighe a thigeadh 'nam rathad, mar a dh' ainmich mi aig toiseach mo naigheachd, sin ri radh, nan gabhainn an ceum gorach a bha mi 'cur romham a ghabhail, nach tigeadh beannachd Dhe orm agus gu 'm faighinn uine gu leor gus a bhith smaointean air a' chomhairle a thug e orm, an uair nach biodh neach ann a bheireadh cuideachadh dhomh.

"A nis," thuirt mi le guth ard, "tha na briathran a labhair m'athair caomh rium air tighinn gu teach. Rug ceartas Dhe orm, agus cha 'n 'eil neach agam a bheir cuideachadh no eisdeachd dhomh. Chuir mi cul ri guth an Fhreasdail, a chuir gu trocaireach mi ann an suidheachadh anns am faodainn a bhith 'caitheamh mo bheatha gu sona, socrach. Ach cha d' thug mi so fa near, agus cha mho a ghabh mi suim dhe na labhair mo pharantan rium m' a dheidhinn. Dh' fhag mi iad gu bhi caoidh air son mo ghoraiche, agus a nis tha mi air m'fhagail a caoidh airson na thainig orm a chionn nach do ghabh mi an comhairle. Dhiult mi an cuideachadh agus an comhnadh, ged a bha iad a ghnath deas gus mo chur air aghart anns an t-saoghal, agus gus gach ni a dheanamh dhomh a thigeadh a chum mo mhath, agus a nis tha iomadh ni doirbh agam ri choinneachadh agus gun neach ann a bheir dhomh comhnadh, no cuideachadh, no comhfhurtachd, no comhairle."

An sin thuirt mi; "A Thighearna, cuidich leam, oir tha mi ann an eiginn mhoir."

Faodaidh mi radh gur i so a' cheud urnuigh dhurachdach a rinn mi fad iomadh bliadhna.

(Ri leantuinn.)

[TD 207]

[Taobh-duilleig 199 san leabhar fhèin]

[Vol. 12. No. 26. p. 7]

<eng>Nova Scotia Furnishing Co., LIMITED.<gai>

A chuideachd a's motha tha 'n Canada air son deanamh us creic AIRNEIS-TAIGHE 'S BRAIT-URLAIR.

THA STOC MOR DAONNAN AGAINN AIR LAIMH NAR TAIGH-CEANNACHD AIR Sraid Shearlot, Sidni.

Tha sinn a' creic gach seors' innsridh air an cuirear feum am broinn taighe.

Tha ar prisean ceart. Taghail againn.

"Ceannaich o'n Chuideachd a's Motha, 's caomhain t' airgead."

A. J. G. MACEACHUINN,
FEAR-LAGHA.

Ceannach us creic fearainn, Airgead Iasaid, &c., &c.
<eng>McDonald Building, Charlotte Street.<gai>

<eng>HEARN & MACDONALD,<gai>

FIR-TAGRAIDH, NOTAIREAN, &C., &C.

<eng>D. A. HEARN.<gai> FIONNLADH DOMHNULLACH

ROS & ROS,
FIR-LAGHA, NOTAIREAN, &C.
Airgead ri thoirt seachad an iasad.
UISDEAN ROS. HOWARD S. ROS, B. A.

<eng>HARDISON'S PHARMACY.<gai>
An Stor-chungaidhean a's fhearr a tha ann an Sidni.
Air oisean Sràidean Shearlat agus Prince.

<eng>C. P. MOORE,<gai>
BATHAR CRUAIDH.
Iarunn, Uidheaman Saoirsneachd, Uidheaman Gaibhneachd, Tairnnean,
&c.

DR. G. T. MACGILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL.
OIFIS:-0s cionn Stor Harrington.

<eng>C. V. WETMORE,<gai>
URRASACHADH TEINE, BEATHA, SGIORRAIDH, & LEACAN GLAINE.
An tigh a Chommercial Bank,

<eng>J. E. BURCHELL,<gai>
URRASACHADH BEATHA AGUS TEINE
anns na cuideachdan a's fhearr am Breatunn 's an America.

<eng>ROYAL BANK OF CANADA<gai>
CORPAICHTHE 1869.
ARD OIFIS, <eng>HALIFAX, N.<gai>

EARRAS, \$3,000,000.00
EARRAS PAIGHTE 2,481,000.00
AIRGEAD TAIMH 2,500,000.00

Luchd-Riaghlaidh:

<eng>Thomas E. Kenny,<gai> Ceann-suidhe.
<eng>Thomas Ritchie,<gai> Iar-Cheann-Suidhe.
<eng>Wiley Smith, H. G. Bauld, Hon.<gai> Daibhidh Mac Iain.
<eng>Edson L. Pease, Gen'l. Mgr., Montreal,<gai>

Meur-Oifis ann an Sidni.
<eng>J. E. BURCHELL,<gai> Fear-Gnothuich.

Tha gach gnothuich is abhaist a dheanamh ann am banca 'ga chur air
adhart, agus tha
BANCA-CAOMHNAIDH

anns am faodar suim sam bith o dholar suas, a chur air riabh 3½% 'sa bhliadhna.

Oran

Do Chaiptean Ailean Domhnullach, Fear Chinnseburgh,

LE IAIN MAC ODRUM.

Nis o'n tha mi 'm onaran,
'S mi 'm chomhnuidh anns a' Bhàgh,
Ag obair air na h-orain,
'S e 's coire na bhi 'm thamh;
'Tighinn air beus an Domhnullaich
Tha fearail, treubhach, moralach,
Gur iomadh ceud chuir eolas ort,
'S bu deonach leo thu slan.

'S e mo rùn an t-Ailean
Dh' fhas gu foinnidh, fearail, ard,
Aon Mhac Dhé 'ga d' anacladh
Bho anshocair 's bho chradh;
Sar chùirtear mùirneach, macnusach,
A ghiulain mhuinte, mhacanta,
Tha cruaidh gu chùl ach casadh air
'Nuair dhuisgear ascaoin da.

Fear eolach, seolta, siobhalta,
Gun toir air stri gu brath,
'M bheil mais' is tlachd is aoidhealachd
Cho math 's a dh' innseadh bard:
Moralach, mor-inntinneach,
Gun torachd air a bhribealachd,
Gun sgòd de Chlann 'Ic Cuibean air
Gu h-iosal no gu h-ard.

Fear foinnidh, fearail, socrach thu,
'S neo-throicheil am measg chàich;
B' acfhuinn fear do choltais
A chuir mais' air cnoc no dha;
Leoghann fearrdha, tosgarra,
Mor churaidh calma 'n toirtealachd,
'S mairg luchd an-mèinn chasadh ort
Gun fhosadh air do laimh.

'S mairg luchd an-mèinn chasadh air,
Gun fhosadh air a laimh,
No thigeadh gearr no toisgeal air
Gus brosnachadh thoirt dha;
Lann sgaiteach de smior cruadhach air,
'S an truaille bu dreachmhor dualanan,
Cha stad e 'n fheoil am buailear e,
Gu ruig e smuais nan cnàmh.

Cha bhrìdeach air an fhaiche e,
Ri fhaicinn am measg chàich:
Ceann-feadhna meagrach, faicilleach,
'M bheil taitneachdan air blar;
Fear iriosal, ciùin, céillidh thu,
Gun easbhuidh smior no treubhantas:
Gu'm b' eireachdas fear t' eugais
Air cheann daoine 'n taobh so 'n Fhraing.

Dubh is dearg is gile,
Dreach an fhir a tha mi 'g radh,
Gu calma, fearrdha, fireachail,
Ro chinnedail ri dàimh;
'S e ceol is fhearr 's is binne leam,
Gu'n d' eug do mhathair firionnach,
Gu'n canar sàr fhear-cinnidh riut,
Gach ionad 'n dean thu tamh.

Cha b' ioghnadh le luchd t' eolais
Ge bu deonach leo thu slàn,
Do dheoiridh is do dhilleachdain,
Gun bhith an teinn no sàs;
A ghnùis tha flathail, éibhinn,
Far an luidh thu slàn gu'n éirich,
Deadh naigheachd fear na féile leat,
Do chéile bhith ni 's fearr.

Oighr' air loinn Mhic Iain thu,
Mac samhuil gach cion-fàth,
Gu daimheil, cairdeil, inneachail
Ri duine bhiodh an sàs;
An ceanaltachd 's an reusantachd,
Am fearalachd mar dh' fheumadh tu,
Gu'm b' athaireil dhut na beusan sin
Bha léirsinneach do chàch.

Cha bhreac an iomall lònain thu,
Gun neart, gun seol air snamh;
Cha'n fhochann brais fòlaich thu,
Le gaiseadh mor 'na bhàrr;
Cuspair cinnteach, comhnard thu,
Dhe'n fhine rioghail Dhomhnullaich,
'S mairg a chuireadh comhstri ort
'S tu deonach dol 'na phàirt.

'S tu sliochd nan curaidh mìleanta
Nach fuilingeadh spìd fo thàir,
Nach giulaineadh airm dhìomhaineach,
'S an tìr a' dol fo smàl;
Le caithream nam fear mora sin
Bhiodh gearradh garbh air spòltaichean,
Bu shalach, garbh a' chòcaireachd,
'N àm toiseachadh air àr.

Chuir Dia tagha céile ort
Rinn mais' is féill ri daimh,
A rinn an gníomh bu smiorala
'Rinn bean a tha no bha;
Le barrachd uaisl' is rioghalachd
Ghluais i anns na gníomharan
Thug seanachas buan do linneachan
Air chuimhn' an deigh a bais.

Cha b' ioghnadh leam a h-uaisle
Thoir dhi gluasad anns a' chàs,
Bha stoc na craoibh o'n d' bhuaineadh i
Gun ghrod, gun ruaidh, gun smal:
Sliochd Aonghais Oig nam brataichean,
Is Raonail Oig nam feachdana,
B'e 'm fortan coir nan tachaireadh
Do 'r n-eascairdibh bhith slàn.

Tuireadh

Do'n bhàta-smùid Dorcas, a chaidh a dhìth air cladach Nobha Scotia.

LE BEAN ALASDAIR FHEARGHASDAN.

Lion mulad an tìr.
Lion mulad an tìr,
Lion mulad an tìr, 's cha neonach:
Chaidh an Dorcas a dhìth,
Le 'sgioba 's na bh' innt';
Lion mulad an tìr so comhladh.

Chaidh an Dorcas do'n ghrùnnd
Le gillean mo dhùthch',
'S tha iomadh neach tùrsach, bronach;
'S an sgiobair 'bha treun
An iomadach feum,
O laidh e 'san eug 's cha bheo e.

'Chatriona nion Alasdair thruagh
Leam is duilich do chruas,
Ged is iomadh là fhuair thu leonadh,
'S e Aonghas 'thoir bhua
Na do lapan, mo thruaigh'!
A dh' fhagas gu d' uaigh fo leon thu.

O, fhairge gun truas,
Do shluig thu iad suas,
Gun chuimhneach' air cruas nam màthar
'Tha muladach, bochd
A' caoidh an cuid mac
'Rinn thusa le tart am bàthadh.

'S na peathraichean bochd
'Tha gun bhraithrean an nochd,
Air sàilleabh do thortraich ghrànda:
Deich air fhichead de chloinn
Dhe nach cuimhnich thu caomh,
Ach athair gach aon dhiubh 'bhàthadh!

'S na h-athraichean bochd
'Tha caoidh an cuid mac,
Is cuid dhiubh gun neart, gun tàbhachd,
Bho'n d' thug thu fir threun,
'S nach d' chuimhnich thu 'm feum,
Ach rinn thu gu léir am bàthadh.

'S iomadh bantrach fo leon
'Dh' fhag do shlugan 'tha mor,
'S cha duirt thu fhathast gur leor na bhàth thu;
'S e bhith milleadh 's a claidh,
Bhith 'cur gillean a dhìth,
'S e bhith 'cur mulad air tir is fhearr leat.

"Och! och!" ars' an fhairg,
"Cha'n fhuirich mi balbh,
Cha'n fhuiling mi fearg no càineadh;
Tha mi umhail do'n Rìgh
Sin a chruthaich gach nì,
'S cha téid mi a' chaoidh thar 'àithne.

"Nuair a dh' àithneas E stoirm,
Suas togaidh mi toirm,
Suas togaidh mi toirm an àirde,
'S 'nuair a dh' àithneas e ciùine
Laidhidh mo thuinn,
'S cha dean mi a h-aon a bhàthadh.

"Cha do bhàth mi neach riamh
Gun 'ordugh 's a rian-
Cha do bhàth mi neach 'dh' iarr E fhàgail;
'S cha'n 'eil boinn' air mo ghrund
Nach 'eil fo shealladh a shùil
Ceart cho math ris an tonn a's àirde.

"'S ged a mholas sibh tir,
'Tha socrach seach mi,
Tha talamh na tir air 'àithne:
'S 'nuair a dh' àithneas E-fhéin
Talamh 'dh' fhosgladh a bheul,
Tha 'n talamh gu léir a sgàineadh."

O, 'chairdean ro chaomh
'Tha fo mhulad 's a caoidh,
Fo mhulad, cha'n iognadh dha sin;
'S e th' ann ach guth Dhé
Ruinn, a labhairt o neamh;

O thugamaid géill na thràth dha.

Thachair an sgiorradh muladach so, a tha air a chur sìos cho snasmhor ann an rann, o chionn aonamh bliadhn' deug an Ogust 'sa tighinn. Dh' fhag an Dorcas Louisburg air feasgar briagha Sàbaid agus oidhche Di-luain chaidh i a dhìth leis na bh' air bord. Bha feadhainn a ghillean Chatalone air bord oirre. Bha e air a radh aig an àm nam biodh iad air an t-soitheach a bha i 'toirt gu Halifacs-
<eng>barge<gai> a bha luchdaichte le gual-a leigeadh ma sgaoil, nach biodh an sgiorradh so air tachairt, ach cha robh an sgiobair, Mac-Fhearghais, deonach sin a dheanamh, agus chaidh iad uile a dhìth.

Dochas.

LE NIALL MAC LEOID.

Mo bheannachd ort, a dhochais chaoin,
Bu tric a sheas thu m' inntinn mhaoth,
'Nuair bhiodh mo chridhe trom fo leon,
Fo uallach, iomaguin agus bron;
Lasadh tu lochran blàth 'n am uchd,
A thogadh dhìom gach leon is luchd,
'S chuireadh tu cagar sèimh 'n am chluais,
"Bi saothreach, dileas fad do chuairt,
Is gheibh thu duals is fois."

Is lionmhor deoiridh breoite, fann,
A chum do mhisneach suas an ceann;
'Nuair bhiodh an cairdean coimheach fuar,
'S an saoghal uile riu an gruaim,
Thigeadh tus' an sin mar léigh,
A dhortadh ola 'nan cuid chreuchd,
'G an treorachadh a mach gu tlàth,
A ghabhail beachd air tìr is fhearr,
Far nach tig plàigh g' an sgrios.

Is iomadh bantrach bhochd fo dheoir,
Is dilleachdanan lag gun treoir,
'G am faicinn fhein gun neart, gun dion,
Mar chraoibh tha rùisgte ris gach sion,
A bheir am beannachd ort gu brath,
A chum an dochas beo 's gach càs,
'G an cur gu stor an Athar shuas,
Ri 'n iarratais nach druid a chluas,
'S bheir fuasgladh dhaibh 'na iochd.

'S an saighdear treun le cridhe lan,
Tha cath ri aghaidh cruais is bais,
Cha tréig thu e 'nuair tha e 'n sàs,
A' stri ri buaidh thoirt air a namh,
'S tu gealltainn dha gu'm faigh e cliu,
Is lamh na h-oigh' d' an d' thug e 'rùn;
Tha sin 'ga chumail ann am fonn,

'S ag arach spionnaidh ùir 'na chom,
Mar shonn nach géill 's an drip.

[TD 208]

[Taobh-duilleig 200 san leabhar fhèin]

[Vol. 12. No. 26. p. 8]

Amhairc an So!

'san ath aireamh airson

SANAS UR

bho

<eng>The Canadian Bank of Commerce

Sydney, C. B.

P. C. STEVENSON, MANAGER.<gai>

'Nuair thig an fhairge garg is trom,
Is gaoth nan speur a' reubadh thonn,
'S an seoladair air bharr nan stuadh,
A' cath ri doininn ghairbh a' chuain,
Le buirich bhuirb gun iochd, gun truas,
Tha bagairt air a shlugadh suas;
Thig thus' an sin mar sholus iùil,
'Ga neartachadh le dochas ùr,
A dhùisgeas sunnd fo chrìos.

'S na miltean a tha iosal, sgith,
Le tinneas marbhteach air an claidh,
A fhuair a mach le cradh is deoir,
Gu'n deach an duine bhreith gu bron;
Ach thus', a reulta chaomh nam buadh,
Cha tréig thu iad an taobh so 'n uaigh;
'S ged tha na neoil cho dorcha, dlùth,
Tha ghrian a' dealradh air an cùl,
'S bidh sùil nan truaghan ris.

'S am measg gach trioblaid agus leon
A tha air clann nan daoine an toir,
Gach mealladh, saothair, agus plàigh
Tha buailteach dhaibh bho 'm breith gu 'm bàs,
Mur a biodh tusa ghnàth 'nan taic,
'Gan seasamh ann an àm na h-airc,
Cha bhiodh nam beath' ach geamhradh fuar,
Gun neart, gun dochas, lan de ghruaim,
Fo uallach buan gun fhois.

Bi leam, mata, gu ceann mo réis,
Na fàg 'san fhasach mi leam fhéin;
Is ged tha 'n t-slighe garbh 'san àm,
Bidh dùil ri solas aig a ceann.
Na tig le mealltaireachd gun diù;

Bi dileas, dìreach anns gach cùis,
'Na d' dhochas fìor nach teid air chùl,
'Nuair thig mi 'n lathair Rìgh nan dùl,
A dheanamh cùnntais ris.

Posadh Piuthar Iain Bhàin.

LUIÑNEAG.

I hu ro ho, í ho ro ho,
Cuiridh mi luinneag an ordugh dhuibh,
I hu ro ho, i ho ro ho,
Air posadh piuthar Iain Bhàin.

'Nuair chaidh sinn a mach ris na h-aonaichean,
Bha ceo, bha sneachda, bha gaath againn;
'S bha sinne cho geal ris na faoileagan
Aig posadh piuthar Iain Bhàin.

'Nuair rainig sinn urrad bha 'n oidhch' againn,
Tigh mor gun solus, gun soills, againn,
Cha'n fhaigheamaid fiu nan coinnleirean
Aig posadh piuthar Iain Bhàin.

Ach chuireadh gu grad ann an ordugh sinn,
Is shuidh sinn 'n ar prasgan mu 'n bhord a bh' ann;
'S bha droch mhac-na-bracha 'ga ol againn
Aig posadh piuthar Iain Bhàin.

Bha sgianan air dhroch fhaobhar againn,
Is forcaichean-cha robh aon diu againn!
'S bha 'n t-im gu ròmach, gaoisideach
Aig posadh piuthar Iain Bhàin.

Bha cearcan air dhroch spionadh ann-
Cha d' thug iad fiu nan sgiathan diubh-
'S an caolanan nan siomanan
Aig posadh piuthar Iain Bhàin.

A bharr air sin bha gruidheam againn,
Bha càise laidir, ruighinn againn,
'S bha aireamh de na h-uibhean againn
Aig posadh piuthar Iain Bhàin.

Bha iasg againn, bha feoil againn,
'S gun mhir di saor o roineagan;
Bha taom de dh' arain eorn' againn
Aig posadh piuthar Iain Bhàin.

Am beagan a bha dhe na h-uaislean ann
Cha'n itheadh iad ni le uaibhreachas,
'S mu 'n d' thainig a' mhaduinn bu truagh leibh iad,
Aig posadh piuthar Iain Bhàin.

Ach marbhaig air an fhear-chiùil a bh'ann,
'S cha b'fhearr dad idir an t-ùrlar a bh'ann,
Dol fodha gu ruige na glùinean ann,
Aig posadh piuthar Iain Bhàin.

Bha cuid a dh' fhàs sgith le fadal ann,
'S cuid a bha 'n ti air cadal ann,
'S chuir sinn air taobh gu'n rachamaid
Gu leabaidh le piuthar Iain Bhàin.

Dughall na Sroine.

Tha balach anns an dùthaich
Ris an can iad Dùghall,
'S fhada bho bha ùigh aige pòsadh.
Ged a tha e lùgach,
Agus car 'n a shùilean,
Gur e mhill a' chùis nach 'eil sròn air.

Anna bheag a' chùbair,
Caileag laghach, shunndach,
Ged tha i gun iùntas gun stòras,
Ghabhadh ise Dùghall
Ged a tha e crùbach,
Na 'm biodh fad na lùdaig de shròin air.

Bha mi Oidhche Shamhna
Ann an tigh an dannsa,
'S chluinneadh tu mar chainnt aig na h-òighean:
"Fear le crodh is gamhna,
Chumadh bean is clann da,
'S bochd an rud a th' ann nach 'eil sròn air!"

Thuirt Màiri Nic Phàdrraig:
"'S sibh a chaill bhur nàire-
Buidheachas do 'n Agh nach robh 'n còrr dheth!
Tha e laghach, càirdeil,
'S rachainn leis am màireach,
'S cha mhaoidhinn gu bràth nach robh sròn air.

"Ni e cur is àiteach
'S tha e maith 'n a nàdur,
Ged nach dean e gàire ro bhòidheach;
'S fheàrr e mar a tha e
Na fear falamh stràiceil,
Ged bhiodh urad màileid de shròin air."

Thuirt nighean an tàilleir:
"'S ann agad tha chàil dha,
'S olc an rud nach sàsaich do sheòrsa;
Rachainn gu mo bhàthadh
Mach air rudha 'n t-sàile,
Mu 'n gabhainn le garlaoch gun sròn air!"

Coma leat-sa, Dhùghaill,
Na gabh thusa cùram,
Ciod a their na sgliùraichean gòrach;
Gheibh thu caileag chliùiteach,
Agus té bheir rùn dhut,
'S cha'n aithnich i an cùl nach 'eil sròn ort.

Ma bhios tu measail ort féin, bidh meas aig muinntir eile ort.

Ma phosas tu bean pòsaidh tu taigh, 's ma phòsas tu taigh posaidh tu dragh.

Ma 's olc ann bu mhios as e.

Ma 's olc an fhidheal cha 'n fheàrr a comain.

Ma 's toigh leat a' mhuc is toigh leat a h-al.

Ma tha a' ghaoth air chall, iarr a deas i.

ANNS AN STOR UR
LE STOC MOR DE DH
Uire dir an, de Sheudan ' de Ghloineachan Sula
ANN AN TOGALACH MHIC GUAIRE
air Sraid Shearlot.
<eng>K. Bezanson,<gai> Stor Sheudan agus Ghloineachan Sula.

A' Ghailig:
"S i labhair Adhamh
Ann am Parras fein."

"S i a's fearr gu togail inntinn
Le binn-ghuth comhraidh tlath,
'S i a's sgaitiche gu mi-mholadh
'S a's mine 'nochdas gradh;
'N am cruinneachadh nam miltean
Le piob gu iomairt lann,
'S i a dhuiseadh colg air oigridh,
'Nuair 'thogteadh srol ri crann."
-Donnachadh Bàn.

Cuir a dh' iarraidh "Mhic-Talla."

<eng>Sydney & Louisbourg Railway<gai>

Tim Chlar Geamhraidh.

A toiseachadh Di-luain an 15mh latha de dh'October, bidh na treineachan a ruith mar a leanas:-

A fagail Louisburg aig 7.00 a. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 8.01 a. m., 'sa ruigheachd Shidni aig 8.40 a. m.

A fagail Shidni aig 4.00 p. m., <eng>Glace Bay<gai> aig 4.43 p. m., 'sa ruigheachd Louisburg aig 5.45 p. m.

A ruith mar so gach latha ach Di-domhnaich.

J. R. MAC IOSAIG, <eng>Traffic Manager.<gai>

[Dealbh]

A. J. BEUTAN,
(Alasdair Mac Iain Bheutain)

CISTEACHAN-LAIDHE

dhe gach seorsa-beag us mor, geal us dubh, agus dhe gach seorsa fiodha-cruaidh us bog. Aodaichean Dubha agus Anart Geal, agus na h-uile seorsa Bathar-Airgeid us eile nach urrainnear ainmeachadh an so.

Faodar comhradh a dheanamh ris a cearna sam bith dhe 'n duthaich air an <eng>Telephone No. 62.<gai>

Sidni, Feb. 8, '01.

A. J. BEUTAN.

<eng>MANUFACTURERS LIFE INSURANCE CO.<gai>

Ard-Oifis: <eng>TORONTO, CANADA.

J. F. JUNKIN, Esq., Managing Director.<gai>

Tha a chuideachd so a creic "policies" dhe gach seorsa thathar a cur a mach air son urras-beatha. Gheibhear gach fiosrachadh a dh' iarrar, agus na prìsean, bho

<eng>C. W. SEMPLE, General Agent, Sydney, C. B.

M. B. FERGUSON, Special Agent,<gai> Sidni.

<eng>M. LEBETTER, Local Agent,<gai> Sidni Tuath.

NIALL MacFHEARGHAIS,

Ceannaiche Taillear.

Na h-Aodaichean a's fhearr agus na Fasain a' sùire.

DAIN AGUS ORAIN, le Alasdair MacFhionghain. Air an deasachadh le A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 35c.

ORAIN, le Iain Lom Mac-Dhomhnaill. Air an deasachadh leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. A phris 30c.

MACTALLA NAN TUR, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Tha orain

le iomadh bard, sean is og, anns an leabhar so, moran nach robh riamh an clo, agus moran eile ann air dreach na 's fhearr na chunnacas fhathast iad. A phris: 25c.; sia air \$1.25; dusan air \$2.00.

FILIDH NA COILLE, leis an Urr. A. Mac-Gilleain Sinclair. Orain a Bhaird Mhic-Gilleain, maille ri cunntas taghte de dh'orain eile, a bharrachd air orain is eadar-theangachaidhnean le Mr. Sinclair fhein. A phris, leth-dolar.

<eng>PUBLISHERS "MAC-TALLA,"
Sydney, Cape Breton, Canada.<gai>

Bathar Cruaidh
Tuaghannan
Saibh
Locraichean
Glaskan
Tairnean
Sgionan, etc.
Aonghas Mac Leoid
Paipear-balla
Paint
Olla
Putty
Varnish
Gloine
Etc., etc.

Mac-Talla.
Air a Chur a Mach Uair 'san Da Sheachduin.

A PHRIS.
Bliadhna, \$1.00
Tri Miosan, .30
Sia Miosan, .50

Cuirear am paipear air a phris so gu luchda gabhail an Canada, anns na Staidean, agus ann am Breatunn. Cuirear e gu luchd-gabhail ann an New Zealand, 's an duthchannan cein air-son \$1.26, no 5s. 3d. 'sa bhliadhna. Tha 'phris ri bhi air a phaigheadh toiseach na bliadhna. Biodh gach litir is eile air seoladh gu
<eng>PUBLISHERS MAC-TALLA,
Sydney, Cape Breton.<gai>